RÉIDH, *gen.* of Riadh, q. vide.

RÉIDH, -E, *adj.* 1. Plain, level: planus.

"Air casan dìreach, *réidh*."
Ross. Salm. xxvii. 11.

Upon a straight and level path. Per viam directam (et) planam. 2. Smooth, polished: lævigatus, præpolitus.

"Tharruing e 'm bogha gu chùl,
"Ŀeum á thaifeid iùthaidh *ṙéidh*." *Fing.* ii. 505.

He drew the bow (*lit.* to its back); a polished arrow leaped from its string. Traxit arcum ad dorsum; exiliit ab ejus nervo sagitta lævigata. 3. Straight: rectus, directus. *C. S.* 4. Free, exempt: liber, solutus, expers, liberatus. "Tha mi *réidh* 's e." *C. S.* I am free from, or rid, of him, or it. Sum liber, vel solutus ab illo, *lit.* et ille, vel illud. 5. Reconciled, at peace: conciliatus. "Oir ma 's e air dhuinn bhi 'n ar naimhdibh, gu 'n d' rinneadh *réidh* ṙi Dia sinn tre bhàs a mhic; is mò gu mòr, air dhùinn bhi air ar dèanamh *réidh*, a shaorar tre a bheatha sinn." *Rom.* v. 10. For if, when we were enemies, we were reconciled to God by the death of his son, much more, being reconciled, we shall be saved by his life. Nam si sit, quòd quum essemus inimici, reconciliati fuimus Deo per mortem ejus filii, multo magis, reconciliatis nobis, servabimur per ipsius vitam. 6. Safe, not dangerous: tutus, incolumis, securus, minimè periculosus.

"Ach ni 'n *réidh* dhol a shìneadh lann,
"Ris an ti leis 'n do cheangladh Conal."
Gill. 26.

But it is not safe to go to stretch spears against him by whom Conal was bound. Sed non est tutum ire extensum hastas adversus illum à quo ligatus fuit Conalus. 7. Ready, prepared: paratus. *C. S.* 8. Disentangled, not ravelled: extricatus, minimè plicatus. *C. S.* 9. Harmonious, melodious: modulatus, canorus.

" Ceòl nan teud gu h-òrdail, *réidh.*" *Stew.* 328. The music of strings, orderly, and harmonious. Musica fidium compositè, modulatè. 10. Ordered, arranged, regularly disposed: ordinatus, ad ordinem redactus. *C. S. Arm.* Reih. *Belg.* Reed. *Isl.* Redan.

RÉIDHEACHD, *s. f. ind.* (Reidh). 1. Plainness, state of being plain, or level: qualitas rei planæ cujusvis. *C. S.* 2. Smoothness, polish: politura, rei lævis qualitas. *C. S.* 3. Straightness: rectitudo. *C. S.* 4. State of being free, or exempt: libertas. *C. S.* 5. State of being reconciled, or at peace: reconciliati status. *C. S.* 6. Safety: salus. *C. S.* 7. Readiness, state of being prepared: status in quo quis paratus est. *C. S.* 8. State of being disentangled, or unravelled: status in quo quid est extricatum. *C. S.* 9. Harmony, melody: harmonia, melos. *C. S.* 10. State of being arranged, or regularly disposed: status in quo ad ordinem quid redigitur. *C. S.* 11. Ready service, officiousness: obsequium. *Llh.*

RÉIDH-FHIODH, -A, *s. m.* (Réidh, et Fiodh), Plane-tree: platanus. *Voc.*

RÉIDH-LABHART, -AIRT, *s. m.* (Réidh, et Labhart), Eloquence, smoothness of speech, or of utterance: eloquentia, verborum concinnitas. *C. S.*

RÉIDH-LABHRACH, -AICHE, *adj.* (Rèidh, et Labhrach), Eloquent, speaking smoothly: eloquens, facundus. *C. S.*

RÉIDHLEAN, -EIN, -AN, (Réidh, et Lian), *s. m.* A green, a level plain: planities, pratum. *S. D.* 126.

RÉIDHLEANACH, -AICHE, *adj.* (Réidhlean), Abounding in plains, or meadows: campestris, pratis frequens. *C. S.*

RÉIDHLIC, -E, -EAN, *s. f.* (Réidh, et -Leac, -ic), A grave, or burying-place: sepulchrum.

" Bithidh dùil ri fear fairge,
" Ach cha bhi dùil ri fear *reidhlice.*" *Prov.* There may be hope of a person at sea, but none of one in the grave. Spes de mari non de sepulchro.

REIDHR, *id. et* " An reidhr," *adv. MSS.* Vide Raoir.

RÉIDHTE, -EAN, *s. f. Ecs.* xxix, 33. *marg.* Vide Réite.

RÉIDHTEACH, -ICH, -EAN, *s. m. C. S.* Vide Réiteach.

RÉIL, *gen.* of Reul, q. vide.

RÉILE, -EAN, *s. f.* A pebble: calculus, lapillus. *MSS.*

RÉILIG, -E, -EAN, *s. f. C. S.* Vide Réidhlic.

RÉILTEAN, -AN, } *s. m. dim.* of Reul. 1. A little
RÉILTEAG, -IG, } star: stellula. *C. S.* 2. An asterisk: asterismus. *Llh.*

RÉIM, -E, -EAN, *s. f.* 1. Power, authority, dominion, sway: potestas, auctoritas, dominium. *C. S.* 2. A way: via. *Llh.* 3. Progress, order, an order: series. *O'B.* et *MSS.* 4. A calling out: evocatio. *MSS.* 5. A troop, or band: turba, caterva. *O'R.* 6. Evenness of temper: animi æquitas. *Bibl. Gloss.* et *C. S.* 7. A course of life: vitæ ratio. *C. S.*

RÉIMEALACHD, *s. f. ind.* (Réimeil), Sway, authority, constancy: dominium, potestas, pertinacia. *C. S.*

RÉIMEIL, -E, *adj.* (Réim). 1. Authoritative: imperiosus. *C. S.* 2. Persevering: constans. *O'R.* 3. Even-tempered: æquabilis. *C. S.*

* Reim-bhriathar, -air, -thran, *s. m.* (Réim, et -Briathar), An adverb: adverbium. *Llh.*

REIMHE, *s. f. ind.* (Reamhar), 1. Fatness, thickness, grossness: pinguedo, crassities. *Llh.* 2. pride: superbia. *Llh.* et *O'R.*

* Reimheach, -eiche, *adj.* Arrogant, proud: arrogans, superbus. *Llh.* et *Stew. Gloss.*

REIMSE, -EAN, *s. f.* A club, staff: clava, baculus. *Llh.* et *O'R.*

REIMSEACH, -EICHE, *adj.* Heroic: heroicus. *MSS.*

REIMSEACH, -ICH, -EAN, *s. f.* A coarse, sturdy woman: femina crassa, et robusta. *C. S. Scot.* Ramsh. *Jam.*

REING, -E, -EAN, *s. f. R. M'D.* 153. Vide Reang, et Rong.

REING, *gen.* of Reang, q. vide.

* Reir, " An reir." *adv.* Last night: hesterna nocte. *MSS.* Vide Raoir.

RÉIR, *gen.* et *dat.* of Riar, q. vide.

RÉIR, *id. et* " A réir," et " Do réir," *prep. impr.* According to, as, like as: secundum, ad, instar.

" Tha a mhaise mar ghathaibh na gréine,
" 'S a spionnadh *a réir* a mhaise." *S. D.* 116. His beauty is as the rays of the sun, and his strength is according to his beauty. Venustas ejus est instar radiorum solis, et ejus vires secundum ejus venustatem.

RÉIS, -E, -EAN, *s. f.* A race: cursus equestris vel pedestris. *Eabhr.* xii. 1. *marg. Vox Angl.*

RÉIS, -E, -EAN, *s. f.* A span: palmus. *Voc.* 121.

REISIMEID, -E, -EAN, *s. f.* A regiment: cohors militaris. *Voc.* 114.

RÉIT, } -EAN, *s. f.* 1. Concord, agreement, har-
RÉITE, } mony: concordia, unanimitas, voluntatum consensio. " Ciod an *réite* a ta aig Criosd ri Belial? 2 *Cor.* vi. 15. What concord hath Christ with Belial? Quæ concordia est Christo cum Belial? 2. Reconciliation: reconciliatio. " Mar sin ni sibh *réite* air son an teampuill." *Esec.* xlv. 20. So shall ye reconcile the temple. Sic facietis reconciliationem pro templo. 3. Expiation, atonement: expiatio. " Théid mise suas a dh' ionnsuidh an Tighearn, a dh' fheuchainn an dean mi *réite* air son bhur peacaidh." *Ecs.* xxxii. 30. I shall go up unto the Lord, to try if I shall make an atonement for your sin. Ascendam ego ad Dominum Deum, ad conandum si faciam expiationem pro vestro peccato. 4. An agreement, a contract: pactum, compactum. *C. S.* 5. A marriage contract: sponsalia. *C. S. Wel.* Rhaith, an oath: jusjurandum. Rhéithiad, the act of setting right, a regulation: ad ordinem ducendi actus, regula. *Ow.*

RÉITEACH, -ICH, -EAN, *s. m. C. S.* Id. q. Réite.

RÉITEACHAIL, -E, *adj.* (Réitich). 1. Reconciling, that reconciles, or conciliates: concilians, qui conciliat. *C. S.* 2. Ready to be reconciled, fond of reconciling: ad conciliandum paratus. *C. S.* 3. That unravels, or disentangles: qui extricat, vel expedit. *C. S.*

RÉITEACHD, *s. f. ind.* (Réite). 1. Reconciliation, agreement, the state of being reconciled: conciliatio, status in quo conciliatur quis vel quid. *C. S.* 2. Disentanglement, state of being disentangled: extricatio, status in quo extricatur quis vel quid. *C. S.*

RÉITEACH, } -ICH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.*
RÉITEACHADH, } Réitich. 1. Act of reconciling, settling, agreeing: reconciliandi, vel consentiendi actus. *C. S.* 2. Act of clearing, or unravelling: extricandi, expediendi actus. *C. S.*

REITH, -IDH, ṙ, *v. a.* (Reithe), Ini; de ariete in ovem. *C. S.*

RÉITH, -E, *adj. C. S.* Vide Réidh, *adj.*

RÉITH-BHEART, -EIRT, et -E, -EAN, *s. f.* (Réith, et Beart) Concord, harmony: concordia. *C. S.*

RÉITH-BHEARTACH, -AICHE, *adj.* (Réith-bheart), Harmonious, agreeing: concors. *C. S.*

REITHE, -EACHAN, *s. m.* A ram: aries. "Ghabh e an *reithe*, agus thug e suas e mar thabhartas-loisgte an àit a mhic." *Gen.* xxii. 13. He took the ram, and offered him up for a burnt-offering in the stead of his son. Accepit arietem, et obtulit eum in holocaustum loco sui filii.

REITHEACH, -EICHE, *adj.* (Reithe), Rammish, like a ram: arietinus, arieti similis, hircosus, olidus. *C. S.*

REITHEACHADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Reithich. *C. S.* Vide Reitheadh.

REITHEACHAS, -AIS, *s. m.* (Reitheach), Rammishness: rancor, fœtor. *C. S.* 2. Arietis ovisque coitio. *C. S.*

REITHEACHD, *s. f. ind.* (Reitheach). *C. S.* Id. q. Reitheachas.

REITHE-COGAIDH, } -AN-COGAIDH, et SLACHD-
REITHE-SLACHDAIDH, } AIDH, *s. m.* (Reithe, et Cogadh, vel Slachd), A battering-ram: catapulta. "Cuir *reitheacha-cogaidh* 'n a aghaidh air gach taobh mu 'n cuairt." *Esec.* iv. 2. Set battering-rams against it round about. Pone catapultas contra eam circumquaque.

REITHEACHAN, *pl.* of Reithe, q. vide.

REITHEADH, -IDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Reith. Arietis cum ove ineundi actus, coitio. *C. S.*

REITHICH, -IDH, ṙ, *v. a. C. S.* Vide Reith, *v.*

* Reithe-raobhta, } *s. m* A battering-ram: cata-
* Reithe-séisdidh, } pulta. *O'B.*

REITHEAN, -EAN, -AN, *s. m. dim.* of Reithe. A young ram: aries adolescens. *C. S.*

RÉITHLEACH, -ICH, -AN, *s. m. Stew.* 180. Vide Réidhlean.

RÉITHLEAN, -EIN, -AN, *s. m. Voc.* 7. Vide Réidhlean.

RÉITICH, -IDH, ṙ, *v. a.* et *n.* (Réite). 1. Reconcile, conciliate: reconcilia, conciliare fac. *Macf. V.* 2. Agree upon, ratify: de aliqua re consenti, confirma, ratum fac. *C. S.* 3. Adjust, determine, regulate, set in order, disentangle: compone, solve, extrica, ordina. "Ach ma ta ceisd sam bith agaibh mu ṅithibh eile, *réitichear* sin ann an coimhthional dligheach." *Gnìomh.* xix. 39. But if ye have any question about other matters, it shall be determined in a lawful assembly. Sed si sit vobis quæstio ulla de rebus aliis, componetur illa in concione legitima. 4. Prepare, set in order: præpara. "*Réitich* thu àite fa comhair." *Salm.* lxxx. 9. Thou preparedst a place before it. Expediveris locum ante eam. 5. Adjust, or settle the terms of marriage, be betrothed: despondere.

"Ma *réitich* an nighean donn,
"Tha i dol a phòsadh."

Stew. 198.

If the brown-haired maiden is betrothed, she is about to marry. Si despondeatur virgo subnigrarum comarum, est nuptura. *Scot.* Red, Rede, Read. *Jam.*

RÉITICHTE, *pret. part. v.* Réitich. 1. Reconciled: conciliatus. *C. S.* 2. Agreed upon, ratified: confirmatus. *C. S.* 3. Adjusted, determined, set in order, regulated: compositus, solutus, extricatus. *C. S.* 4. Prepared, set in order: præparatus, expeditus. *C. S.* 5. Betrothed: desponsus. *C. S.*

REO, *s. m. ind. MSS.* Vide Reodh, et Reothadh.

REOBHART, -AIRT, -AN, *s. m. C. S.* Id. q. Reothart.

REODH, -AIDH, ṙ, *v. a.* et *n.* 1. Freeze, cause to freeze: gelare fac. *C. S.* 2. Freeze: gela, congela.

"Ach gun *reodh* Loch-nis, le fuachd,
"'S gu'm bi 'n cuan 'n a thalamh treabht',
"An ùin' a chaidh seachad uainn,
"'S dualach dhi nach d' thig i 'n so."

K. Macken. 161.

Until Loch Ness freeze with cold, and the ocean become ploughed land, the time that has passed away from us, will not return hither. Usque quo gelaverit lacus Nessa præ frigore, et fierit oceanus terra arata, tempus quod præteriit à nobis, obnoxium est illi quòd non veniet huc. *Wel.* Rhewi. *Dav. Arm.* Rhewi. *Corn.* Reû, et Rhewi. *Germ.* Reif, et Ryf. *Wacht. Gr.* Πῖγος, frigus, rigor, et Πιγέω, et Πιγόω, frigere.

REODHADH, -AIDH, *s. m. pres. part. v.* Reodh. 1. Act of freezing, or causing to freeze: gelandi actus. *C. S.* 2. State of freezing, or becoming congealed: congelandi status. *C. S.*

REODH-LEAC, -IC, -AN, *s. f.* (Reodh, et Leac), Ice: glacies. *O'B. O'R.* et *C. S.*

REÒIDHTE, *adj.* et *pret. part. v.* Reodh. 1. Frozen: gelatus. *C. S.* 2. Cold, frosty: pruinosus, gelidus. *C. S.*

REÒTA, *adj.* et *pret. part. v.* Reodh, vel Reoth. *S. D.* 103. Vide Reòidhte.

REOTH, -AIDH, ṙ, *v. a.* et *n. C. S.* Vide Reodh.

REOTHA, } -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Reoth.
REOTHADH, } *C. S.* Vide Reodhadh.

REOTHART, -AIRT, -AN, *s. m.* A spring-tide: maris æstus exundans. *Stew. Gloss.* et *C. S.*

REÒTHTA, *pret. part. v.* Reoth. *C. S.* Vide Reòdhta.

REUB, -AIDH, ṙ, *v. a.* 1. Tear, rend, pull asunder velle, divelle. "A chionn gu 'n do *reub* thu t' eudach." 2 *Eachdr.* xxxiv. 27. Because thou

didst rend thy clothes. Quia lacerasti tua vestimenta. 2. Wound, mangle, abuse: lacera, lania, mutila. *C. S.*

REUB, -A, -AN, *s. m.* A rent made by tearing: scissura. *C. S.* Vide Reubadh.

REUBACH, -AICHE, *adj.* (Reub), Rending, tearing: vellens, divellens, lacerans. *C. S.*

REUBADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Reub. 1. Rending, act of rending, tearing, lacerating: vellendi, divellendi, lacerandi actus. "Tha e a' *reubadh* 'anama 'n a chorruich." *Iob.* xviii. 4. He teareth his soul in his anger. Discerpit (suam) animam in sua ira. 2. A rent, or fissure by tearing: scissura. *C. S.* 3. A wound: vulnus. *C. S.*

REUBAINN, *s. f.* (Reub), Rapine, robbery: rapina, latrocinium. "Neach air bhi dha ann an cruth Dhé, nach do mheas e 'n a *reubainn* e féin bhi comh-ionann ri Dia." *Phil.* ii. 6. Who being in the form of God, thought it no robbery to be equal with God. Qui cum esset in forma Dei, non duxit esse rapinam se esse parem Deo. *Germ.* Raub, actus rapiendi, et res bello capta; præda, spolium; et res furto, vel latrocinio capta. *Wacht. Germ.* Rauben, rapere, vi capere, per vim auferre. *Wacht.* "In lege Salica, *Raubare*, est per vim aufere." *Wacht. Wel.* Rheipus, rapax. *Dav. Ital.* Rubare, to rob: latrocinari.

REUBAINNEACH, -EICHE, *adj.* (Reubainn), Plundering, robbing: diripiens, per vim auferens, latrocinans. *C. S.*

REUBAINNEACHD, *s. f. ind.* (Reubainneach), Robbery, a practice of robbery, or plundering: direptio, latrocinium, latrocinandi consuetudo. *C. S.*

REUBAIR, -E, -EAN, *s. m.* (Reub, et Fear). 1. A robber, violent person: latro. *O'R.* et *C. S.* 2. One who rends, or tears: qui lacerat, vel discerpit. *C. S.*

REUBAL, -AIL, *s. m.* A rebel: rebellis. *C. S.*

REUBALACH, -AICHE, *adj.* (Reubal), Rebellious: rebellis. *C. S.*

REUBALACH, -AICH, *s. m.* A rebel: rebellis. *C. S.*

REUBALACHD, *s. f. ind.* (Reubalach), Rebellion: rebellis, rebellatio. *C. S.*

REUBALTACH, -AICHE, *adj. C. S.* Id. q. Reubalach, *adj.*

REUBALTACH, -AICH, *s. m. C. S.* Id. q. Reubalach, *s.*

REUBTA, *pret. part. v.* Reub. 1. Torn, rent, pulled asunder: divulsus, laceratus. *C. S.* 2. Wounded, mangled, maimed: vulneratus, mutilatus. *C. S.*

REUCHDAL, -AIL, -AN, *s. m.* Tediousness, a wearisome ceremony: ceremonia molesta. *MSS.* et *C. S.*

REUCHDALACH, -AICHE, *adj.* (Reuchdal), Tedious, wearisome, ceremonious: fessus, ceremoniis molestus. *C. S.*

REUDAN, -AIN, -AN, *s. m.* A moth, timber-worm: tinea. *Mat.* vi. 19. *marg.*

REUDANACH, -AICHE, *adj.* (Reudan). 1. Abounding in moths: tineis scatens. *C. S.* 2. Moth-eaten: à tineis erosus, vel comesus. *C. S.*

REUL, -ÉIL, -LTAN, *s. f.* (Ré, et Eile, *lit.* Another moon: altera luna), A star: sidus, stella.

"Chunnaic i e 'n a stailinn chruaidh,
"A' dealradh ri losgadh nan *reul*."
Tem. vii. 74.

She beheld him in his hard (armour of) steel, shining to the reflection (burning) of the stars. Vidit illa eum in ejus chalybe dura resplendentem ad flammam stellarum. "Reul chomhaideachd." *C. S.* A satellite, planet: satellis. "Reul chearbhach," *vel* "Reul-sheachrain." *C. S.* A comet: cometa. "Reul sheasmhach." *C. S.* A fixed star: sidus affixum. *C. S.*

REULACH, -AICHE, *adj.* (Reul), Starry, starred: stellatus. *C. S.*

REULADAIR, -E, -AN, *s. m.* (Reul, et Fear), An astronomer: astronomicus. *C. S.*

REULADAIREACHD, *s. f. ind.* (Reuladair), Astronomy: astronomia. *C. S.*

REULAG, REULTAG, -AIG, -AN, *s. f. dim.* of Reul. A little star: stellula. *C. S.*

REULAGACH, REULTAGACH, -AICHE, *adj.* Glittering with little stars: stellatus, stellulis splendens. *C. S.*

REUL-BHUIDHEANN, -INN, -AN, *s. f.* (Reul, et Buidheann), A constellation: astrorum congeries. *O'R.* et *C. S.*

REUL-DHEALRACH, -AICHE, *adj.* (Reul, et Dealrach), Star-blazing: sidereus, astris nitens. *C. S.*

REUL-DHRAOIDH, -E, -EAN, *s. m.* (Reul, et Draoidh), An astrologer: astrologus, *Macf. V.*

REUL-DHRAOIDHEACHD, *s. f. ind.* (Reul-dhraoidh), astrology: astrologia. *C. S.*

REUL-EÒLACH, -AICHE, *adj.* (Reul, et Eòlach), Skilled in astronomy, or astrology: astronomiâ, vel astrologiâ peritus. *C. S.*

REUL-EÒLAS, -AIS, *s. m.* (Reul, et Eòlas), Science of astronomy, or astrology: astronomia, vel astrologia. *Macf. V.*

REUL-GHRIGLEAN, -EIN, -AN, *s. m.* A constellation: stellarum congeries. *Macf. V.*

REUL-SHOLUS, -UIS, *s. m.* (Reul, et Solus), Starlight; siderum lux. *C. S.*

REULT, -A, -AN, *s. f.* A star: sidus. *O'B.* et *MSS.* Vide Reul.

REULTACH, -AICHE, *adj.* (Reult). *C. S.* Id. q. Reulach.

REULTA, *pl.* of Reul, q. vide.

REULTAIR, -E, -EAN, *s. m.* (Reult, et Fear), An astronomer, or astrologer: astrologus, vel astronomicus. *C. S.*

REULTAN, *pl.* of Reul, q. vide.

REULTANACH, -AICHE, *adj.* (Reultan), Starry: stellatus. *Llh.* et *C. S.*

REUSAN, -AIN, -AN, REUSON, -OIN, -AN, *s. m.* A reason, or cause: ratio, causa. *Macf. V.*

REUSANACHADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Reusanaich. Reasoning, act of reasoning, or arguing: ratiocinandi actus. *C. S.*

REUSANAICH, -IDH, ṙ, *v. a.* (Reusan), Reason, or argue: ratiocinare. *Macf. V.* et *C. S.*

REUSANTA, REUSONTA, *adj.* (Reusan). 1. Endowed with reason, rational: rationalis. *C. S.* 2. Reasonable, just: æquus, justus. *Macf. V.* et *C. S.*

Ri, *prep.* 1. To, implying similarity, or likeness: ad, similitudem denotans.

" Bu choltach mi *ri* sruth o Thromo."
Tem. iii. 150.

I was like to a stream from Tromo. Fui similis ego flumini à Tromone. 2. To, denoting equality of one object with another: æqualitatem denotans.

" Cha 'n ann chò mìn *ri* so, a thriath,
" Bha Barbair na féile, t 'athair féin."
Tem. vi. 338.

Not so meek as this, O chieftain, was the liberal Barbar thy own father. Non æque mitis et hoc, O princeps, fuit Barbar hospitalitatis, tuus pater ipsius. 3. To, towards: ad, erga, versus.

" Na éireadh guth *ri* cluais le dàn."
Tem. iii. 186.

Let no voice of song salute an ear, *lit.* rise towards an ear. Ne oriatur vox ad aurem cum carmine. 4. To, implying adhesion: ad, adhæsionem adhibens.

" *Ri* lic reòdhta lean a sàil." *S. D.* 103.

Her foot stuck to a frozen (icy) stone. Lapidi congelato (glaciei) adhæsit ejus pes. 5. To, towards, denoting attention, or earnestness: ad, cum notione attentionis, vel studii.

" Bha éisdeachd gach cluais *ri* a ghuth."
Tem. iii. 516.

Every ear listened to his voice, *lit.* the hearing of each ear was toward his voice. Erat ausculatio cujusque auris ad ejus vocem. 6. To, in the direction of: ad, versus, versus in aliquem plagam, vel viam.

" Thug an òg-bhean suil *ris* an t-sliabh."
S. D. 28.

The young woman looked towards the mountain. Convertit juvenis uxor (femina) oculum versus montem. 7. To, unto: ad.

" Thig deo-gréin' air 'aghaidh aosda,
" 'S a ghlaodh *ri* òigridh, chi mi 'm bàta."
S. D. 23.

A brightness comes over his countenance, while he cries to his youths, " I behold the boat." Veniet radius solis supra (ejus) vultum senilem, et ejus clamor ad juvenes, " Conspicio cymbam illam." 8. To, implying exposure: ad, retegendi actum, vel statum rei nudatæ denotans.

" Tha ula aosda *ri* siontaibh gàbhaidh."
S. D. 221.

His aged beard is exposed to loud (high) storms. Est (ejus) barba senilis objecta procellis altis. Vide Ris. 9. To, or to be, implying possibility, and placed before participles present, changes them into the future passive: ad, quod fieri potest denotans, et ante participia præsentis temporis vocis activæ adhibitum, sic in participia futuri temporis vocis passivæ convertuntur.

" Garbh shruth o na cruachaibh dol sìos,
" Cha robh Carthonn gu 'thrian *ri* leum."
Tem. iii. 415.

A rough torrent descending from the hills, Carthon was not to its third part to be leapt (across). Aspero torrente e montibus eunte deorsum, haud erat Carthon usque ad tertiam (ejus) partem transiliendus. " Ni 's mò *r'* an iarraidh tha iad na 'n t-òr." *Salm.* xix. 10. More to be desired are they than gold. Magis desiderabilia sunt illa quam aurum. 10. Against, in opposition to: adversus.

" *Ri* laoch leòinte ni 'n gleacam féin;
" Cha 'n éireadh mo chliù 'n a bhàs."
S. D. 235.

With (against) a wounded hero, I (myself) would not strive; my fame would not rise in his death. Adversus heroa vulneratum non ego dimicarem ipse; non oriretur mea celebritas in ejus morte. 11. At, near to: apud, ad, juxta.

" Shuidh mi sìos *ri* carraig nan sruth."
Tem. iv. 2.

I sat down at the rock of streams. Sedebam ego (infrà) juxta rupem rivorum. 12. During, whilst: dum, per temporis spatium.

" 'S maith dh'fhàsas daoine còir *r'* 'a linn."
Kirk. Salm. lxxii. 7.

Well shall the righteous flourish during his reign. Bene vigebunt homines justi per ejus regnum. " Ghabh mi trià ri h-amadanaibh, *ri* faicinn soirbheis dhaoine aingidh." *Salm.* lxxiii. 3. I was envious at (against) fools, whilst I saw the prosperity of wicked men. Concepi invidiam contra insipientes quum aspicerem prosperitatem improborum. 13. For, implying expectation, or hope: pro, præ, notione futuri temporis, vel fiduciæ.

" Ach feith-sa *ri* Cairbre, a thréin."
Tem. iv. 74.

But wait thou, O brave man, for Carbar. At expecta tu Carbarem, O strenue. 14. In, denoting employment, or occupation: operam, vel officium denotans.

" Chaith mi 'n là *ri* mànran ciùil." *S. D.* 9.

I spent the day in humming of music (song). Contrivi diem in suppressa modulatione musicæ. 15. Of, concerning: de.

" Rinn i 'leabaidh gun luadh *ri* éiridh."
S. D. 27.

She made her bed with no desire of rising. Stravit (suum) lectum sine studio de surgendo. 16. Up, upwards: sursum, ad sursum.

" Thog sinn *ri* sliabh nan tulach bòidheach."
S. D. 106.

We ascended the mountain of beautiful hillocks. Ascendimus montem colliculorum nitidorum. Conjoined with personal pronouns, Ri, forms Rium, Riut, Ris, Rithe, Ruinn, Ribh, Riutha, q. vide.

Ri, *interj. S. D.* 32. Vide Righ.

Ria, *prep.* conjoined with *pers. pron.* (Ri, et I). *MSS.* Vide Rithe.

Riab, -aidh, ṙ, *v. a. Provin.* Vide Reub.

Riabadh, -aidh, *s. m.* et *pres. part. v.* Riab. *Provin.* Vide Reubadh.

Riabh, *adv. C. S.* Vide Riamh.

Riabhach, -aich, *s. f.* Common louse-wort: pedicularis sylvatica. *O'R.*

Riabhach, -aiche, *adj.* Brindled, greyish, grizzled: cinereus, subalbicans.

" M' eoin *riabhach* 'n an leabaidh shèimh." *S. D.* 73.
My grey eaglets (birds) in their quiet nest. Mei (aquilæ) pulli in eorum lecto tranquillo. " Bò *riabhach*." *C. S.* A brindled cow: vacca maculis distincta. " An riabhach." *C. S.* The devil: diabolus. " A' bhò riabhach." *C. S.* The flux: fluxio ventris. *Scot.* Riach. *Jam.*

RIABHAG, -AIG, -AN, *s. f.* A lark: alauda, *Macf. V.* " Riabhag choille." A wood-lark: acredula. " Riabhag mhonaidh." *Macf. V.* A tit-lark: alauda pratensis.

RIABHAICHE, *ind.* } *s. f. ind.* (Riabhach), Grey-
RIABHAICHEAD, -EID, } ishness: color cinereus. *C. S.*

RIABHAN, -AIN, -AN, *s. m. Provin.* Vide Riaghan.

RIACH, -IAICHE, *adj. MSS.* Vide Riabhach.

RIACH, -AIDH, ṙ, *v. a.* Cut the surface, graze, or plough along the skin: scalpe, strictim attinge. *C. S.*

RIACHADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Riach. Act of cutting the surface, slightly cutting, or grazing the skin: strictim attingendi actus. *C. S.*

RIACHAID, -E, -EAN, *s. f.* A distributing, or dividing: distributio. *C. S.*

* Riachan, *s. m.* Any thing grey: aliquid fuscum. *O'R.*

* Riachdanach, -aiche, *adj.* Necessary, incumbent on: necessarius. *Llh.*

RIACHDANACH, -AICHE. *adj.* Given to uncleanness: stupro deditus. *Macf. V.*

RIACHDANAS, -AIS, *s. m.* Fornication, uncleanness: stuprum, concubinatus. *Macf. V.*

* Riachdanas, -ais, *s. m.* Necessity, want, indispensable duty: necessitas. *MSS.*

RIADH, RÉIDH, *s. m.* Interest of money, usury: fœnus, fœneratio. " Cha bhi thu dha mar ṅeach a chuireas airgiod air *riadh*, cha chuir thu *riadh* air." *Ecs.* xxii. 25. Thou shalt not be unto him as an nsurer; thou shalt not lay upon him usury. Ne esto ei tanquam fœnerator; ne imponito ei usuram. " Riadh is calpa." *C. S.* Interest, and principal: fœnus et summa.

RIADH, -A, -AN, *s. f.* A snare: laqueus. 1 *Cor.* vii. 35. *marg.*

* Riadh, -aidh, ṙ, *v. a.* Hang: suspende. *O'R.*

RIADHACH, -AICHE, *adj.* (Riadh), Usurious: usuram exigens. *C. S.*

* Riadhadh, -aidh, *s. m.* et *pres. part. v.* Riadh. Hanging, act, or state of hanging: pendendi actus, vel status. *O'B.*

RIADHAN, -AIN, -AN, *s. m.* (Riadh, *v.*), A swing, the exercise of swinging: jactatio, restis quo quis se jactat. *C. S.*

* Riagh, -a, -an, *s. f.* A cross, gallows: crux, vel patibulum. *Llh.*

RIAGHAIL, -GULAIDH, ṙ, *v. a.* 1. Rule, govern: rege. " *Riaghlaidh* làmh nan dìchiollach." *Gnà.* xii. 24. The hand of the diligent shall bear rule. Dominabitur manus sedulorum. 2. Rule, regulate, order: regulas impone, vel præscribe. *C. S.*

RIAGHAILT, -E, -EAN, *s. f.* A weaver's rule: textoris instrumentum quoddam. *C. S.*

RIAGHAIL, } -E, -EAN, *s. f.* 1. A rule, regulation,
RIAGHAILT, } directory: regula, norma. " A ṙéir tomhais na riaghailt a roinn Dia dhuinne. 2 *Cor.* x. 13. According to the measure of the rule which God hath distributed to us. Secundum modum regulæ quam distribuit Deus nobis. 2. A mariner's compass: pyx nautica. *R. M'D.* 22. " Riaghailt-eaglais." *C. S.* A law of the church: canon ecclesiæ. *Wel.* Rheol.

RIAGHAILT-CHEÀRNACH, *adj.* (Riaghailt, et Ceàrnach), Rectangular, square: quadratus. *O'R.*

RIAGHAILTEACH, -EICHE, *adj.* (Riaghailt). 1. Regular, according to rule: regularis, secundum regulam. *C. S.* 2. Sober, peaceable: sobrius, moderatus, modestus, temperatus. *C. S.*

RIAGHAILTEACHD, *s. f. ind.* (Riaghailteach). 1. Orderliness, regularity: ad regulam conformitas. *C. S.* 2. Sobriety, peacefulness: moderatio, temperantia. *C. S.*

RIAGHAILTICH, -IDH, ṙ, *v. a.* (Riaghailt), Arrange, adjust by rule: ordina, modera. *Macf. V.* et *C. S.*

RIAGHAILTICHTE, *pres. part. v.* Riaghailtich. Adjusted, arranged by rule: ordinatus, moderatus. *C. S.*

* Riaghaire, -ean, *s. m.* (Riadh, *v.*), A hang-man: carnifex. *Llh.*

RIAGHLTA, *pret. part. v.* Riaghail. Ruled, governed: gubernatus, rectus. *C. S.*

RIAGHAN, -AIN, -AN, *s. m. C. S.* Vide Riadhan.

RIAGHLACH, -AICHE, (Riaghail), Regular: regularis. *MSS.* et *C. S.*

* Riaghlachadh, -aidh, *s. m.* et *pres. part. v.* Riaghlaich. *MSS.* Vide Riaghladh.

RIAGHLADAIR, -E, -EAN, *s. m.* (Riaghladh, et Fear), A ruler, or governor: imperator, gubernator, moderator. *C. S.*

RIAGHLADAIREACHD, *s. f. ind.* (Riaghladair), A ruling, or governing; office, or practice of ruling: imperatoris, gubernatoris, vel moderatoris munus, vel occupatio. *C. S.*

* Riaghlaich, -idh, ṙ, *v. a. MSS.* Vide Raighail.

RIAGHLAIR, -E, -EAN, *s. m.* (Riaghail). *C. S.* Id. q. Riagladair.

RIAGHLAIREACHD, *s. f. ind.* (Riaghlair). *C. S.* Id. q. Riaghladaireachd.

RIAMH, -A, -AN, *s. m.* A series, a number, numeration: numerus, ordo, numeratio. *O'R. Wel.* Rhim. *Germ.* Reim.

RIAMH, -ÉIMH, -AN, *s. m. Provin.* Vide Riadh, *s.*

ṘIAMH, *adv.* 1. Ever, at any time, before: unquam, ab omni tempore, antea. Used only of past time: de tempore præterito tantùm adhibetur. " An robh *riamh* ni sam bith bith ann mar an ni mòr so?" *Deut.* iv. 33. Was there ever any such thing as this great thing? Num fuit unquam res ulla ut res magna hæc? 2. Always: semper. *C. S.* 3. With the negative preceding, never. Cum negativo antecedente, nunquam. " Bithidh aimsir carraid ann, mar *nach* robh *riamh* o bha cinneach ann." *Dan.* xii. 1. There shall be a time of trouble, such as never was since there

was a nation. Erit tempus angustiarum qualis nunquam fuit ex quo fuit gens.

* Riamh, -a, *s. m.* Beauty, elegance: pulchritudo. *Llh.* et *O'R.*

RIAMHACH, -AICHE, *adj.* Pretious, valuable, beautiful: pretiosus, pulcher. *Llh.* et *O'R.* Vide Rìomhach.

RIAMHADH, -AIDH, -EAN, *s. m.* Fine clothes, high dress: vestes superbæ. *Provin.*

RIAMHAG, -AIG, -AN, *s. f.* (Freumh), A small root, or thread: radix, fibra, vel filamentum. *Provin.*

RIAMHAGAICH, -E, *s. f.* (Riamhag), Filaments appearing in a wound: vulneris fila. *Provin.*

RIAN, -AN, *s. m.* 1. A mode, method, or manner: modus, methodus, mos. *C. S.* 2. Order, arrangement, regularity: dispositio, in ordinem redactio, series, regularitas. *C. S.* et *Macf. V.* 3. Economy: rerum administratio, economia. *C. S.* 4. Sobriety, a good, or peaceable disposition: sobrietas, bona vel placabilis indoles. *Macf. V.* et *C. S.*

* Rian, -an, *s. m.* A road, way, path, footstep: iter, via, semita. *O'R.*

RIANACHADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Rianaich. 1. Adjusting, act of adjusting, or arranging: accommodandi, in seriem redigendi actus. *C. S.* 2. Distributing, act of distributing: distribuendi actus. *C. S.*

RIANAICH, -IDH, Ṙ, *v. a.* (Rian). 1. Adjust, arrange: accommoda, ad seriem redige. *C. S.* 2. Divide, distribute: distribue. *Macf. V.*

RIANAICHTE, *pret. part. v.* Rianaich. 1. Arranged, adjusted: accommodatus, in seriem redactus. *C. S.* 2. Distributed, divided: distributus, divisus. *C. S.*

RIANAIL, -E, *adj.* (Rian). 1. Methodical, in just, or due order: methodicus, ordine progrediens. *C. S.* 2. Economical: res suas bene administrans. *C. S.* 3. Well-disposed, of a mild, or peaceful disposition: bonâ præditus indole, mitis, mansuetus. *C. S.*

RIANALACHD, *s. f. ind.* (Rianail). 1. *C. S.* Id. q. Rian.

RIAPAIL, -IDH, Ṙ, *v. a.* 1. Mangle: lacera, lania. *C. S.* 2. Bungle, botch, manage clumsily: imperitè confice, inconcinnè forma. *C. S.*

RIAPALADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* 1. Mangling, act of mangling: lacerandi, laniandi actus. *C. S.* 2. Bungling, act of bungling, or botching: imperitè conficiendi, vel inconcinnè formandi actus. *C. S.*

RIAPAILTE, *pret. part. v.* Riapail. 1. Mangled: laniatus, laceratus. *C. S.* 2. Bungled, botched: imperitè confectus, inconcinnè formatus. *C. S.*

RIAR, RÉIR, *s. m.* 1. Pleasure, will, inclination, desire: voluntas, studium. "Agus ṅi thu mo *ṙiar* ann am biadh a thabhairt do m' theaghlach." 1 *Righ.* v. 9. And thou shalt accomplish my desire in giving food for my household. Et facies tu meam voluntatem dando cibum meæ familiæ. "A réir," *vel* "Do réir." *prep. impr.* According to: secundum. *C. S.*

* Riar, -aidh, -ṙ, *v. a. O'R.* Vide Riaraich.

* Riarach, -aiche, (Riar, *s.*) Submissive: obediens. *O'R.*

RIARACHADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Riaraich. 1. Pleasing, satisfying, act of satisfying: satisfaciendi actus. *C. S.* 2. Satisfaction: satisfactio. *C. S.* 3. A sufficiency: quantum sufficit. *C. S.* 4. Distributing, act of distributing, or dividing: distribuendi, dividendi actus. *C. S.* "Riarachadh inntinn," *vel* "Riarachd inntinn." *C. S.* Contentment, satisfaction of mind: oblectamentum.

RIARACHAS, -AIS, *s. m.* (Riaraich). 1. A distribution, or sharing: distributio. *C. S.* 2. *C. S.* Id. q. Riarachadh, 3.

RIARACHD, *s. f. ind.* (Riaraich) *C. S.* Id. q. Riarachadh.

RIARAICH, -IDH, R, *u. a.* (Riar). 1. Please, satisfy: satisda, satisfac. *C. S.* 2. Divide, distribute: divide, distribue. *Macf. V.* et *C. S.*

RIARAICHE, -EAN, *s. m.* (Riaraich). 1. A steward, a distributor of food: dispensator, cibi dispensator. *C. S.* et *O'R.* 2. An economist: curator, qui res suas bene administrat. *C. S.* 3. A sharer, a distributor. *C. S.*

RIARAICHTE, *pret. part. v.* Riaraich. 1. Satisfied, pleased: satisdatus. *C. S.* 2. Shared, served, distributed: distributus, divisus. *C. S.*

RIASAIL, -AIDH, Ṙ, *v. a.* Tear flesh asunder: lacera, dilacera. *C. S.*

RIASAILTE, *pres. part. v.* Riasail. *C. S.* Vide Riaslaichte.

RIASG, -ÉISG, -A, -G, *s. m.* 1. A moor, fen, or marsh: ager paludosus. *Macf. V.* 2. Ley ground: novale. *C. S.* 3. Strong mountain grass: gramen montanum. *Provin. Scot.* Reesg. *Jam.*

RIASGACH, -AICHE, *adj.* (Riasg.) 1. Moorish, marshy: paludosus. 2. Heathy, uncultivated: ericâ abundans, inaratus. *C. S.* et *Macf. V.* 3. Untractable, wild: intractabilis, indocilis. *C. S.*

RIASGACH, -AICH, -EAN, *s. m. R. M'D.* 10. Vide Riasg.

RIASGAIL, -E, *adj.* (Riasg). *C. S.* Id. q. Riasgach.

RIASGALACHD, *s. f. ind.* (Riasgail), Indocility: durities. *O'R.* et *C. S.*

RIASGLACH, -AICH, -EAN, *s. f.* A mangled carcase: cadaver laniatum. *Provin.*

RIASG-SHUIL, -ÙLA, -EAN, (Riasg, et Sùil), A blear eye: lippitudo. *C. S.*

RIASG-SHUILEACH, -EICHE, *adj.* (Riasg-shuil), Bleareyed: lippus. *C. S.*

RIASLACH, -AICHE, *adj.* (Riasail), Tearing, mangling, apt to tear, or mangle: lacerans, dilacerans, lanians, ad lacerandum, vel laniandum proclivis. *C. S.*

RIASLADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Riasail. A tearing asunder, act of tearing, or mangling: lacerandi, dilacerandi, laniandi actus. *C. S.*

RIASLACHADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Riaslaich. *C. S.* Id. q. Riasladh.

RIASLAICH, -IDH, R, *v. a. C. S.* Vide Riasail.

RIASPACH, } -AICHE, *adj.* Confused, disordered:
RIASPLACH, } confusus, permixtus. *C. S.*

RIASPAICHE, } *s. f. ind.* 1. Coarseness: crassities.
RIASPLAICHE, } *C. S.* 2. Confusion: confusio, permixtio. *C. S.*

RIASP-SHUIL, -ÙLA, -EAN, *s. f.* (Riaspach, et Sùil), A blear eye: lippus oculus. *Provin.*

RIASP-SHUILEACH, -EICHE, *adj.* (Riasp-shuil), Blear eyed: lippus. *Provin.*

RIASTAIR, -TRAIDH, ṙ, *v. a.* et *n.* 1. Become turbulent, or disorderly: turbulentus fi. *C. S.* 2. Confuse, disturb, put into disorder, breed confusion, or strife: perturba, disturba, inquieta, rixas fove. *C. S.* 3. Wander hither and thither: huc illuc vagare. *C. S.*

RIASTRADH, -AIDH, -EAN, *s. m.* et *pres. part. v.* Riastair. 1. Turbulence, disorder, disorderly conduct: turbulentia, morum effrænatio. *C. S.* 2. State of becoming turbulent, or disorderly in conduct: in turbulentiam, vel morum effrænationem delabendi status. *C. S.* 3. Act of confusing, disturbing, putting into disorder, or breeding strife: perturbandi, inquietandi, rixas fovendi actus. *C. S.* 4. Act, or habit of wandering hither and thither: huc illuc vagandi actus, vel consuetudo. *C. S.*

RIASTRAIDH, *fut. v.* Riastair, q. vide.

RIASTRANACH, -AICHE, *adj.* (Riastradh), Turbulent, disorderly, of dissolute habits: turbulentus, moribus effrænatus. *C. S.*

RIASTRANACHD, *s. f. ind.* (Riastranach), Turbulence, disorderliness, dissoluteness of manners: turbulentia, morum effrænatio. *C. S.*

RIATACH, -AICHE, *adj.* 1. Wanton, immodest: lascivus, impudicus. *C. S.* 2. Illegitimate: non legitimus, nothus, adulterinus. *Stew. Gloss.* 3. Foreign: peregrinus. *Stew. Gloss.*

RIATACHAS, -AIS, *s. m.* (Riatach). *MSS.* et *C. S.* Vide Riataidheachd.

RIATAICHE, *s. f. ind.* (Riatach), Illegitimacy, state of being born in fornication, bastardy: natalium, vel ortûs infamia. *C. S.* "Leanabh riataiche." *C. S.* A bastard child: filius nothus, vel filia notha.

RIATACHD, *s. f. ind.* (Riatach), Wantonness, immodesty, immodest mirth: lascivia, impudicitia, lasciva lætitia. *A. M'D.* 126.

RIATAIDHEACHD, *s. f. ind.* (Riatach). 1. *C. S.* Id. q. Riatachd. 2. Fornication: fornicatio. "Ṙinn e *riataidheachd*." *N. H.* He has committed fornication. Scortatus est; *lit.* Fecit fornicationem.

RIATANACH, -AICHE, *adj.* Necessary: necessarius. *Provin.*

RIATANAS, -AIS, *s. m.* (Riatanach), Necessity: necessitas. *Provin.*

RIB, -IDH, ṙ, *v. a.* (Ribe), Ensnare: illaquea. *C. S.*

RIB, } -E, -EACHAN, *s. m.* 1. A hair: capillus.
RIBE, } *MSS.* et *C. S.* 2. A rag, a clout, a tatter, panniculus. *Sh.* 3. A gin, a snare: laqueus, insidiæ. "Am feud eun tuiteam ann an lìon air an talamh, far nach 'eil aon *rib* air a shon?" *Am.* iii. 5. Can a bird fall into a snare (net) upon the earth, where there is no gin for him? An possit avis cadere in rete supra terram, ubi nullus est laqueus ei? *Hebr.* ארב *areb.*

RIBEACH, -EICHE, *adj.* (Ribe). 1. Rough, hairy: villosus, hirsutus. "Agus a' ghabhar *ribeach* 's e sin righ na Gréige." *Dan.* viii. 21. And the rough goat, that is the king of Grecia. Et hircus villosus, ille est rex Græciæ. 2. Entangling, ensnaring: illaqueans. *C. S.*

RIBEACHAIL, -E, *adj.* (Ribeach, 2.) Ensnaring, ready to ensnare: illaqueans, ad illaqueandum promptus, vel paratus. *C. S.*

RIBEACHAN, *pl.* of Ribe, q. vide.

RIBEACHAS, -AIS, *s. m.* (Ribeach, 2.) 1. A tendency, or readiness to ensnare: ad illaqueandum promptitudo. *C. S.* 2. State of being ensnared: illaqueati status. *C. S.*

RIBEACHD, *s. f. ind.* (Ribeach). 1. Hairiness, roughness: villositas. *C. S.* 2. *C. S.* Id. q. Ribeachas.

RIBEADH, -IDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Rib. Ensnaring, act of ensnaring, or entangling: illaqueandi, irretiendi actus. "Agus ghabh iad comhairle cionnus a dh'fheudadh iad esan a *ribeadh* 'n a chainnt." *Mat.* xxii. 15. And they took counsel how they might entangle him in his talk. Et ceperunt consilium quomodo illaquearent illum in ejus sermone.

RIBEAG, -EIG, -AN, *s. f. dim.* of Ribe. 1. A hair, a little hair: capillus, capillamentum. *C. S.* 2. A small rag, clout, or tatter: panniculus exiguus. *C. S.* 3. A tassel, or fringe: ornamentum pendulum, fimbria. *C. S.* 4. A bunch of any thing hairy: fasciculus è re quavis hirsuta. *C. S.*

RIBEAGACH, -AICHE, *adj.* (Ribeag). 1. Ragged, clouted, tattered: panniculosus, panniculis obsitus. *C. S.* 2. Tasseled, or fringed: ornamentis pendulis instructus, vel fimbriatus. *C. S.* Abounding in hairy bunches: fasciculis hirsutis frequens. *C. S.*

RIBEAN, -EIN, -AN, *s. m.* A ribband, fillet: vitta, crinale. *C. S.* *Fr.* Ruban.

RIBEANACH, -AICHE, *adj.* (Ribean), Dressed with ribbands, abounding in ribbands: vittis ornatus, abundans, vel vittæ similis. *C. S.*

ṘIBH, *prep.* conjoined with *pers. pron. pl.* (Ṙi, et Sibh), To you, against, or with you: ad vos, contra vos. "Gu fìrinneach tha mi ag ràdh *ribh*." *Mat.* xix. 23. Verily I say unto you. Verè dico vobis. "Cuirear na nithe so uile *ribh*." *Mat.* vi. 33. All these things shall be added unto you. Adjicientur hæc omnia vobis. Vide Ṙi, *prep.*

RIBHEID, -E, -EAN, *s. f.* 1. A reed: arundo, vel calamus. *C. S.* 2. The reed of a bag-pipe, or any other wind instrument: tibiæ utricularis, vel cujusvis ore inflati instrumenti calamus. *C. S.* 3. The part of a bag-pipe on which the fingers are moved in playing: ea tibiæ utricularis pars, qua ad cantandum moventur digiti. *C. S.* 4. *fig.* Music, a musical note, or voice: melos, tonus musicus, vel vox musica. *C. S.*

RIBHEIDEACH, -EICHE, *adj.* (Ribheid). 1. Furnished with reeds, as a wind-instrument: arundinibus, vel calamis instructus sicut instrumentum musicum ore inflatum. *C. S.* 2. Musical, melodious: musicus, canorus. *C. S.*

RÌBHINN, -E, -EAN, *s. f.* A nymph, a beautiful female: nympha, virgo pulcherrima. *C. S.* "Ribhinn-shìthe." *O'R.* A fairy: lamia. Vide Rìomhainn.

RIBLEACH, -ICH, -AN, *s. f.* A long string, or line: ligula longa. *C. S.* 2. Any thing entangled: aliquid implicatum. *C. S.*

* Richead, -eid, -an, *s. f.* A kingdom: regum. *Llh.*

* Riclein, -e, -ean, *s. m.* A dwarf: nanus, larva. *Bibl. Gloss.*

RIDEAL, -IL, -AN, *s. m.* A riddle, a coarse sieve: cribrum. *Macf. V. Wel.* Rhidyll. *Germ.* Rutteln, et Rütteln. *Wacht.*

RIDEALADH, -AIDH, et -EIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Rideil. Riddling, act of riddling, or separating by a coarse sieve: cribrandi actus. *C. S.*

RIDEIL, -IDH, et -DLIDH, R, *v. a.* (Rideal), Sift: criba. *C. S.*

RIDEILICH, -IDH, Ṙ, *v. a. C. S.* Id. q. Rideil, *v.*

RIDEILICHTE, *pret. part. v.* Rideilich. Riddled, sifted in a riddle: cribratus. *C. S.*

RIDHE, -E, -ACHAN, *s. m.* 1. A field: agellus. *Provin.* 2. The bottom of a valley: valliculæ declivitas, vel fundus. *Provin. Wel.* Rhiw.

RIDHE, -EAN, et -EACHAN, *s. m.* 1. The wrist: carpus. *Provin.* 2. *Provin.* Vide Ruighe.

RIDHEACH, -EICHE, *adj.* (Ridhe). *Provin.* Vide Ruigheach.

RIDIR, -E, -EAN, *s. m.* A knight: eques.

"Thug thu barrachd an gliocas
"Air gach *ridir* bha 'n Albuinn."
R. M'D. 108.

Thou hast excelled in wisdom all the knights that were in Scotland. Antecedisti tu sapientiâ omnes equites qui fuerunt in Scotia. "Ridir nan spleadh," *vel* "Ridir claidheamh." *C. S.* A knight-errant: eques vagans. *Wel.* Rheidyr. *Walt. Germ.* Reiter, eques, miles ex equo pugnans. *Wacht. A. Sax.* Ridda. *Germ.* Ritter, eques gregarius, eques ex tyrone, vasallus, eques nobilis, eques auratus, torquatus, vel togatus. *Wacht. Dan.* Ridder.

RIDIREACH, -EICHE, *adj.* (Ridir), Knightly: equestris. *Macf. V.*

RIDIREACHD, *s. f.* Knighthood: ordo equestris. *C. S.*

RIFEID, -E, -EAN, *s. f.* Vide Ribheid.

RIG, -IDH, ṘÀINIG, *v. n. Provin.* Vide Ruig.

RIGH, -E, RIGHRE, et RIGHREAN, *s. m.* A king: rex.

"Tha *righ* Éirinn nan sgiath air làr."
Tem. viii. 493.

The king of Erin of shields is on the ground! Est rex Iernes clypeorum humi! "Righ nan dùl." *C. S.* Lord of the elements: Omnipotens. "Righ nan gràs." The dispenser of sovereign grace: graciosus, i. e. Dominus Deus. *Wel.* Rhwy, et Rhwyf. *Dav. Arm.* Roue, et Rhy. *Corn.* Ruaj. *Germ.* Reich, dominus, et per synecdochen generis princeps, dux, satrapa. *Wacht. Goth.* Reiks. *A. Sax.* Rica. *Fr.* Roi. *Ital.* Re. *Span.* Rey. *Hind.* Raja. *Chald.* ריכא *rica*, et רישה *risha*, potestatem habere.

RIGH, -IDH, Ṙ, *v. a.* Stretch: distende, dilata. *C. S.*

ṘÌGH, *interj.* O strange!: pro mirum! *C. S.*

RIGH-CHATHAIR, -THRACH, -THRAICHEAN, *s. f.* (Righ, et Cathair). 1. A throne: solium, thronus. *C. S.* 2. A metropolis: urbs præcipua. *C. S.*

RIGH-CHISTE, -EAN, *s. f.* (Righ, et Ciste), A royal treasury: fiscus. *MSS.* et *C. S.*

RIGH-CHOLBH, -UILBH, -AN, *s. m.* (Righ, et Colbh), A sceptre: sceptrum. *Macf. V.*

RIGH-CHORON, -OIN, -AN, *s. m.* (Righ, et Coron), A royal crown: diadema. *Macf. V.*

RIGH-DHAIL, -E, -EAN, *s. f.* (Righ, et Dail), An assembly, or parliament. *MSS.*

RIGHEADH, -EIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Righ. Stretching, act of stretching: tensio, distendendi actus. *C. S.* "Corp a *righeadh*." *C. S.* To shroud a corpse. Distendere mortuum ad sepeliendum, vel sepulturam.

* Righeach, -ich, -ean, *s. f.* A thong, or pinion: vinculum. *MSS.*

RIGHEAN, RIGHEACHAN, RIGHEANNAN, *pl.* of Ridhe, q. vide, et Ruighe.

RIGHEACHD, *s. f. ind.* et *pres. part. v.* Rig. Vide Ruigheachd.

RIGHEAL, -CÙIL, -E, *s. m.* Stinking crane's bill: geranium robertianum. *O'R.*

RIGH-FHEALL, -EILL, *s. f.* (Righ et Feall), Treason: læsæ majestatis crimen. *Voc.* et *MSS.*

RIGH-FHÉINNEACH, RIGH-FHÉINNIDH, *s. m.* (Righ, et Féinn), A generalissimo: imperator. *Macf. V.* et *B. B.* 1 *Eachdr.* xxvii. 34.

RIGHINN, RÌGHNE, *adj.* 1. Tough, adhesive: lentus, tenax. *C. S.* 2. Elastic: vi resiliendi præditus. *C. S.* 3. Supple, pliant, flexible: vietus, flexilis. *C. S.* 4. Sluggish, drowsy, dilatory: somnolentus, iners, tardus. *C. S.*

RIGH-LANN, -AIN, -AN, *s. m.* (Righ, et Lann), A palace, or king's court: palatium, regia domus. *MSS.*

RÌGHEACHADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Righich. *C. S.* Vide Rioghachadh.

RÌGHICH, -IDH, Ṙ, *v. a.* et *n.* (Righ), Rule, reign, govern: regna. "*Righichidh* an Tighearna gu saoghal nan saoghal." *Ecs.* xv. 18. The Lord shall reign for ever and ever. Regnabit Dominus Deus in sæcula sæculorum.

RIGHIL, -GHLE, -EACHAN, *s. m.* A Scotish dance: saltus Scoticus, chorea. *Scot.* Reel. *Jam.*

RIGHIL, -GHLIDH, Ṙ, *v. n.* (Righil, *s.*), Move in the dance, after the Scottish fashion: salta, alter cum altero salta, vel alius alium in gyro saltando circumi, more Scotorum.

RIGH-LAOCH, -AOICH, *s. m.* (Righ, et Laoch), A princely warrior: princeps bellicosus, bellator. *MSS.*

RIGHLEADH, -EIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Righil. Act of moving in the dance: saltandi, circumeundi actus, more Scotorum. *C. S. Arm.* Ruilla, et *Su. Goth.* Rulla, in gyrum agi, et Ryla, miscere.

RIGHLIDH, *fut. v.* Righil, q. vide.

RIGH-MHÌLIDH, -E, -EAN, *s. m.* (Righ, et Mìlidh), A heroic chief: miles bellicosus. *MSS.*

RIGH-MHORTADH, -AIDH, *s. m.* (Righ, et Mortadh), Regicide: regis interfectio. *C. S.*

RIGH-MHORTAIR, -E, -EAN, *s. m.* (Righ, et Mortair), A regicide: regis interfector. *C. S.*

RIGH-NATHAIR, -THRACH, -THRAICHEAN, (Righ, et Nathair), A cockatrice: basiliscus. "Mar an *righ-nathair* sàthaidh e a ghath." *Gnà.* xxiii. 32. It stingeth like a cockatrice. Ut basiliscus infigit ejus aculeum.

RÌGHNE, *adj. comp.* of Righinn, *adj.* q. vide.

RÌGHNEACHADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Rìghnich. 1. Act of making tough, adhesive, or clammy: lentum, tenacem, vel viscosum reddendi actus. *C. S.* 2. A growing tough, state of growing tough, supple, or clammy: lentus, vel flexilis fiendi status. *C. S.* 3. Act of delaying, procrastinating, or prolonging: procrastinandi, moras trahendi actus. *C. S.*

RÌGHNEACHAS, -AIS, *s. m.* (Righinn). 1. Toughness: tenacitas. *C. S.* 2. Sluggishness, laziness, drowsiness: somnolentia, tarditas. *C. S.* Vide Righinn.

RÌGHNEAD, -EID, *s. m.* (Righinn), Toughness, degree of toughness: tenacitas, tenacitatis gradus. *C. S.*

RIGHNEAS, -EIS, *s. m.* *B. B. Mat.* 48. Vide Rìghneachas.

RIGHNICH, -IDH, ṙ, *v. a.* et *n.* (Righinn). 1. Make tough, adhesive, or clammy: lentum, tenacem, vel viscosum redde. *C. S.* 2. Become tough, adhesive, or clammy: lentus, tenax, vel viscosus fi. *C. S.* 3. Delay, procrastinate, prolong the time: procrastina, moras trahe. *C. S.*

RÌGHNICHTE, *pret. part. v.* Rìghnich. Made tough, adhesive, or clammy: lentus, tenax, vel viscosus redditus, vel factus. *C. S.*

RIGH-PHÀILLIUNN, -IUINN, -EAN, *s. m.* (Righ, et Pailliunn), A king's tent: tentorium regium. *C. S.*

RIGH-PHUBULL, -UILL, -AN, *s. m.* (Righ, et Pubull), *C. S.* et *MSS.* Vide Righ-phàilliunn.

RIGH-ṘATH, -A, -AN, *s. m.* (Righ, et Rath), A royal fortress, or seat: dunum regale. *MSS.*

RÌGHRE, et RIGHREAN, *pl.* of Righ, q. vide.

RIGH-SEISG, -E, *s. m.* Greater burr-reed: sparganium erectum. *O'R.*

RIGH-SHLAT, -AIT, et -A, -AN, *s. f.* (Righ, et Slat), A sceptre: sceptrum. *C. S.*

RIGH-THEACH, -AN, *s. m.* (Righ, et Teach), A king's house, or palace: regia domus. *C. S.*

* Righ-theach, -eich, -an, *s. m.* The arm: lacertus. *Llh.*

RIGH-THEACHDAIR, -E, -EAN, et -CHDRAICHEAN, *s. m.* (Righ, et Teachdair), An envoy, ambassador: regius nuncius, vel legatus. *O'R.* et *C. S.*

* Rimh, -e, -ean, *s. f.* A number: numerus. *Llh. Wel.* Rhif.

* Rimh, -idh, -ṙ, *v. a.* Reckon: numera. *O'R.*

* Rimhiadh, -idh, *s. m.* Pride: superbia. *B. B. Ierem.* xlviii. 29. Vide Rìomhadh.

RÌMHEACH, -EICHE, *adj.* Vide Rìomhach.

RÌMHINN, -E, -EAN, *s. f.* Vide Rìomhainn.

RIMHINNEACH, -EICHE, *adj.* (Rìmhinn). *C. S.* Vide Rìomhainneach.

* Ringtheach, -eiche, *adj.* Tearing, or pulling asunder: divellens. *Stew. Gloss.*

ṘINN, *prep.* conjoined with *pers. pron.* Vide Ruinn, et Ruinne.

RINN, -E, -EAN, *s. f.* 1. *C. S.* Vide Roinn, *s.* 2. A promontory: promontorium. *C. S.*

* Rinn, -e, -ean, A brilliant star: stella lucens. *O'R.* Vide Reann, et Reannag.

RINNEACH, -EICHE, *adj.* (Rìnn). *C. S.* Vide Roinneach.

ṘINN, *pret. v. irreg,* Deàn, q. vide. "Agus *ṙinn* an Tighearn an ni sin air an là màireach." *Ecs.* ix. 6. And the Lord did that thing on the morrow. Et fecit Dominus Deus rem illam postero die.

RINN-AN-RUISG, -EAN, -NAN-ROSG, *s. f.* (Rinn, *s.* et Rosg). 1. Apple, or pupil of the eye: pupilla. *C. S.* 2. The herb, eye-bright: euphrasia. *C. S.*

* Rinn-bhearthag, -aig, -an, *s. f.* (Roinn, Béur), A surgeon's knife: chirurgi cultellus. *Voc.* 40.

* Rinne, -ean, *s. f.* The understanding: intellec- *Llh.*

* Ṙinneadair, *imp. v.* They did: fecerunt. *Llh.*

ṘINNEADH, *pret. pass. v.* Dèan, q. vide. "Na h-oibre cumhachdach a *ṙinneadh* annaibh-sa." *Mat.* xi. 21. The mighty works which were done in you. Facta ingentia quæ editæ sunt apud vos.

RINN-GHEUR, -A, *adj.* (Rinn, *s.* et Geur), Sharp pointed: acutus, cuspide instructus. *O'R.* et *C. S.*

RINNICH, -IDH, ṙ, *v. a.* (Rinn, *s.*). *C. S.* Vide Roinnich.

RINNICHE, -EAN, *s. m.* (Rinn, *s.*). A graving tool: sculptoris instrumentum. *Voc.* 51.

RIOB, -AIDH, ṙ, *v. a.* *C. S.* Vide Rib, *v.*

RIOB, -A, -ACHAN, *s. m.* *C. S.* Vide Rib, et Ribe, *s.*

RIOBADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Riob. *C. S.* Vide Ribeadh.

RIOBACH, -AICHE, *adj.* 1. *C. S.* Vide Ribeach. 2. Ragged, rough, hairy: pannosus, crinitus. *C. S.*

RIOBACHAN, *pl.* of Riob, q. vide.

RIOBAG, -AIG, -AN, *s. f.* *C. S.* Vide Ribeag.

RIOBAGACH, -AICHE, *adj.* *C. S.* Vide Ribeagach.

RIOBAN, -AIN, -AN, *s. m.* *C. S.* Vide Ribean.

RIOBHAID, -E, -EAN, *s. f.* *O'R.* et *C. S.* Vide Ribheid.

* Riobh-chlàr, -àir, -an, *s. m.* (Rimh, *s.* et Clàr), A catalogue: album. *Voc.* 100.

RIOBLACH, -AICHE, *adj.* Ragged, torn: pannosus, laceratus. *O'R.* et *C. S.*

RIOBLAICH, -E, -EAN, *s. m.* (Riob, *s.*), A man in rags: mendicabulum. *C. S.*

RIOCH, -AICHE, *adj.* *S. D.* 73. Vide Riabhach.

RIOCHD, -A, -AN, *s. m.* 1. Likeness, a form, appearance: imago, forma, species. *C. S.* 2. A state, condition: status, conditio.

"An nòs do mhàthair le h-iochd,
"A leanabh 's an *riochd* so dhùsgadh?"
S. D. 130.

Is it customary for a mother in her kindness to waken her child in this condition? Estne mos matri cum sua benignitate, suam infantem in hac sorte expergiscere? 3. Stead, place: locus, vice.

" B' fheârr leam bàs fhaotainn gun teach,
" Na gu 'n gabhtadh mi 'ṅ a *rìochd*." *S. D.* 270.
I would prefer to die houseless, than that I would be taken instead of him. Esset melius mihi mortem accipere sine domo, quam ut acciperer loco illius. 4. A ghost, a spirit: spiritus. *C. S.* 5. A person of a wan appearance, or look: pallens, vel pallidus vultu quis. *C. S.* 6. Relative size, proportion: modus, magnitudo, proportio alii rei alia. " A ṙéir *riochd* gach aoin dhiubh." 1 *Righ.* vii. 36. According to the proportion of each of them. Secundum proportionem cujusque earum.

Riochdachadh, -aidh, *s. m.* et *pres. part. v.* Riochdaich. Personating, act of personating or representing: alienam personam, vel figuram adhibendi, vel sibi inducendi actus. *C. S.*

Riochdaich, -idh, ṙ, *v. a.* (Riochd), Personate, represent: personam, vel figuram alienam adhibe, vel tibi induc. *C. S.*

Riochdail, -e, *adj.* (Riochd). 1. Actual, real: verus. *C. S.* 2. Handsome, stately: venustus, splendidus, magnificus. *C. S.*

Riochd-ainm, -e, -eannan, *s. m.* (Riochd, et Ainm), A pronoun: pronomen. *Ir. Gram.*

Riochd-ainmeach, *adj.* (Riochd-ainm), Pronominal: pronominalis. *Ir. Gram.*

Riochdalachd, *s. f. ind.* (Riochdail). 1. Reality: veritas. *C. S.* 2. Comeliness of shape, or dress: venustas, species, decor. *C. S.*

* Riochdall, -aill, -an, *s. m.* A dwarf, a fairy: nanus, larva. *MSS.*

Riochd-fhocal, -ail, -an, *s. m.* (Riochd, et Focal), A pronoun: pronomen. *O'R.*

Riof, -a, -annan, -achan, *s. m.* The reef of a sail: funiculus, quo contrahitur velum ad nimium ventum evitandum. *C. S. Vox Angl.*

Rìogh, -ghran, *s. m. MSS.* Vide Righ.

Rìoghachadh, -aidh, *s. m.* et *pres. part. v.* Rìoghaich. Reigning, act of reigning, a reign: regendi actus, regnum. *C. S.*

Rìoghachd, -an, *s. f.* (Righ), A kingdom: regnum. " Tha thus' a ṅis a' stiùradh *rìoghachd* Israeil." 1 *Righ.* xxi. 7. Thou governest now the kingdom of Israel. Es tu dirigens nunc regnum Israelis.

Rìoghaich, -idh, ṙ, *v. a.* et *n.* (Righ), Reign, govern, rule: regna. Id. q. Rìghich.

Rìoghail, -e, *adj.* (Righ). 1. Royal, kingly: regalis, regi similis.
" A ṙinn gach beart a bha *rìoghail*,
" Ann an ceartas 's am fìrinn." *Macinty.* 16.
Who performed every deed that was kingly, in justice and truth. Qui egit omne factum quod fuit regale in justitia et veritate. 2. Loyal: regi fidelis *Wel.* Rhial. *Walt. Fr.* Royale. *Scot.* Rial, Rialle. *Jam. Arm.* Real. *Corn.* Ryal.

Rìoghalach, -aich, *s. m.* (Rìoghail), A loyal subject: erga regem civis fidelis. *A. M'D.* 185.

Rìoghalachd, *s. f. ind.* (Rìòghail). 1. Royalty: regia dignitas. *C. S.* 2. Loyalty: erga regem fidelitas. *C. S.*

Rìoghann, -ainn, -an, *s. f.* (Righ, et Bean). *C. S.* Vide Rìomhainn. *Wel.* Rhiein. *Fr.* Reine.

* Rioghthach, -aich, -an, *s. f.* The felloe of a wheel: canthus, aspis. *Bibl. Gloss.*

Rioluinn, -e, -ean, *s. f.* A cloud: nubes.
" Tha m' anam-s' air *rioluinn* a' triall,
" Gu ionadaibh fial nam flath."
S. D. 267.
My soul departs on a cloud, to the hospitable abodes of (the) heroes. Profisciscitur anima mei ipsius super nube, ad habitationes hospitales heroum.

Riomh, *adv. MSS.* Vide Riamh, *adv.*

Rìomhach, -aiche, *adj.* 1. Fine, costly, elegant: elegans, carus, pretiosus. *Macf. V.* et *C. S.* 2. Handsome, beautiful: venustus, speciosus. *C. S.* 3. Gaudy, conceited: lautus, nimiæ concinnitatis studiosus. *C. S.*

Rìomhachas, -ais, *s. m.* (Rìomhach). 1. Fineness, costliness, elegance: elegantia, nitor, sumptuositas. *C. S.* 2. Handsomeness, beauty: venustas. *C. S.* 3. Gaudiness, conceitedness: lautitia, nimiæ concinnitatis studium. *C. S.*

Rìomhadh, -aidh, *s. m.* Finery, elegance, costliness: elegantia, ornatus. *A. M'D.* 164.

Rìomhainn, -e, -ean, *s. f.* (Rìomhach), A beautiful young woman: virgo pulcherrima. *Stew.* 165.

Rìomhainneach, -eiche, *adj.* (Rìomhainn), Beautiful, maiden-like: pulcher, speciosus, virginis pulcherrimæ instar. *C. S.*

* Riomsa, *prep.* conjoined with *pers. pron. MSS.* Vide Riumsa.

Rionnach, -aich, *s. m.* A mackarel: scomber scomber. *Macf. V.*

* Rionnachas, -ais, *s. m.* Sculpture: sculptura. *MSS.*

Rionnag, -aig, -an, *s. f. MSS.* et *Voc.* 3. Vide Reannag.

* Rionnagach, -aiche, *adj.* (Rionnag). *MSS.* Vide Reannagach.

Riopail, -laidh, ṙ, *v. a.* Mangle, tear, destroy: lacera, vitia, destrue. *C. S.*

Riopladh, -aidh, *s. m.* et *pres. part. v.* Riopail. Mangling, act of mangling, destroying: lacerandi, vitiandi, destruendi actus. *C. S.*

Riostal, -ail, -an. *Provin.* Vide Risteal.

Rìreadh, *idem et* " Da rìreadh," et " A rìreadh." Truly, actually, indeed: verè, pro certo. " Thoir urram do bhantrachaibh a tha 'ṅ am bantrachaibh *da rìreadh*." 1 *Tim.* v. 3. Honour widows that are widows indeed. Da cultum viduis, quæ viduæ sunt verè. " Am bheil thu *a rìreadh?*" *C. S.* Are you serious, or in earnest? Esne seriò? " A' cheart is a *rìreadh*." *C. S.* In good earnest. Extra jocum, ex animo.

Ṙis, *prep.* 1. *C. S.* Used before an initial vowel: ante vocalem initialem adhibetur. Id. q. Ṙi, *prep.* Ṙi, is always used before possessive pronouns, though beginning with a vowel: ante pronomina possessiva, quamvis vocali incipientia, " Ṙi," semper adhibetur. " Labhair e *ri* a shluagh." *C. S.* He spoke unto his people. Locutus est ad suum populum. 2. Used adverbially, without its regimen, implying exposure, nakedness, or publicity. Ad-

verbialiter adhibetur, absque regimine, et sic denotat, ante oculos, retectè, in conspectu, publicè.

" Dh' aithnich Garna gnùis a charaid,
" A lot *ris*, 's a chlogaid 'g a fhàgail."
S. D. 152

Garno knew the countenance of his friend; his wound exposed, and his helmet falling from him. Cognovit Garno vultum sui amici, ejus vulnere retecto, et ejus galea derelinquente illum. " Leig ris." *C. S.* Discover, shew, lay open: patefac. " Leig e *ris* dhomh mo chunnart." *C. S.* He discovered to me my danger. Patefecit mihi meum periculum. 3. *prep.* conjoined with *pers. pron.* (Ri, et Esa), To him, with him: ad eum, cum eo. " Thubhairt e *ris*." *Bréith.* vi. 15. He said unto him. Dixit illi. Vide Ri, *prep.*

• Ris, *s. f.* 1. History: historia. *MSS.* 2. Knowledge: scientia. *MSS.* 3. A cause, or party: factio. *MSS.*

• Ris, -e, -ean, *s. m.* A king: rex. *Llh.*

Rìs, Rìsd, *adv. id. et* " A Rìs," *vel* " A rìsd." 1. Again: iterum. " Cha mhallaich mi *rìs* an talamh ni 's mò air son an duine." *Gen.* viii. 21. I will not again curse the ground any more for man's sake. Nom maledicam iterum terræ amplius propter hominem.

Risean, Ris, -san, *prep.* conjoined with *pers. pron.* (Ri, et Esan) Vide Ris, 3.

• Rision, -ean, *s. m.* An historian: historicus. *O'R.*

• Rision, (Ri, et Esan). Vide Risean, *prep.* conjoined with *pers. pron.*

Risteal, -eil, -an, *s. m.* A kind of plough used in the Hebrides, a machine drawn by one horse, and having for a coulter, an iron in the form of a sickle; used to cut the surface of the ground, in order to facilitate the operation of the common plough: aratrum quoddam Aebundense. *Stat. Acc. Vol.* xiii. 307.

Rith, -idh, ṙ, *v. n. Provin.* Vide Ruith, *v.*

• Rith, -e, -ean, *s. f. Llh.* Vide Ruighe.

Rithis, Rithisd, Rithist, *adv. Provin.* Id. q. Rìs.

Rithe, *prep.* conjoined with *pers. pron.* (Ri, et I), To her: ad illam. " Agus thubhairt aingeal an Tighearna *rithe*, Meudaichidh mise gu mòr do shliochd." *Gen.* xvi. 10. And the angel of the Lord said unto her, I will multiply thy seed exceedingly. Et dixit angelus Domini Dei illæ, multiplicabo valdè tuum semen. *Emph.* Rithe-san. Vide Ri, *prep.*

Riu, *prep.* conjoined with *pers. pron.* (Ri, et Iad), Unto them: ad illos. " Labhair e *riu*. *Gen.* xxiii. 8. He spoke unto them. Locutus est cum illis. *Emph.* Riu-san. Vide Ri. *prep.*

• Riubh, *s. m.* Brimstone: sulphur. *O'R.*

Rium, *prep.* conjoined with *pers. pron.* (Ri, et Mi), To, against me: ad, vel contra me. " Eisdibh *rium*." *Gen.* xxiii. 3. Listen to me. Auscultate mihi. *Emph.* Rium-san. Vide Ri, *prep.*

Riut, *prep.* conjoined with *pers. pron.* (Ri, et Thu), To, or against thee: ad, vel contra te. " O iomall na talmhainn éighidh mi *riut*." *Salm.* lxi. 2. From the end of the earth will I cry unto thee. Ab extremitate terre clamabo ad te. *Emph.* Riutsa. Vide Ri, *prep.*

Riutha, *prep.* conjoined with *pers. pron.* (Ri, et Iad), *C. S.* Id. q. Riu.

Ro, Ro, *adv.* 1. Very, much, exceedingly: valdè, exiè, maximè. Used as a prefix to adjectives, and supplying the place of a superlative absolute. Ante adjectiva adhibetur, et sic positivus eorum gradus in superlativum convertitur absolutum. " Maith," good: bonus. " *Ro*-mhaith," very good: valdè bonus, vel optimus. The initial consonant of the adjective is always aspirated, after " Ro," except, s, when followed by any consonant except *l, n, r.* 2. Too much: nimium, nimis. " Tha e *ro* fhuar." *C. S.* It is too cold. Est nimis frigidum. 3. Used also, as an intensive particle: intensivè in compositis ut præfixum adhibetur. " Aire," Heed, attention: attentio, cura, cautio. " *Ro*-aire," great care, great attention: attentio vel cura magna, vel sedula. *Wel.* Rhwy, et Rhy. *Ow. Arm.* Re.

Ro' *prep.* contr. for Roimh, *prep.* q. vide.

Ro' *prep.* contr. for Troimh, *prep.* q. vide.

Ro-aire, *s. f. ind.* (Ro, *pref.* et Aire), Great heed, attention, or care: magna attentio, vel cautio. " A'toirt an *ro-aire*, air eagal gu 'n tig neach sam bith a dhéidh-làimh air gràs Dé." *Eabhr.* xii. 15. Looking diligently (*lit.* taking great care), lest any one fail of the grace of God. Prospicientes, (*lit.* adhibentes magnam diligentiam) ne quis deficiat (*lit.* veniat post manum) a gratia Dei.

Ro-aoibhneas, -eis, -an, *s. m.* (Ro, *pref.* et Aoibhneas), Great joy, exceeding joy: magna lætitia. *C. S.*

Ròb, -òib, *s. m.* 1. Coarse hair, hairiness: villus, villositas. *C. S.* 2. Slovenliness, filthiness: squalor, immunditia. *C. S.*

Ròbach, -aiche, *adj.* (Ròb). 1. Rough, hairy: villosus, hirsutus. *C. S.* 2. Slovenly, filthy: spurcus, immundus. *C. S.* 3. Not clear-sighted: indistinctè perspiciens. *C. S.*

Ròbag, -aig, -an, *s. f.* (Ròb), A coarse, slovenly, or sluttish woman: mulier squalida, immunda. *C. S.*

Ròbaiche, *s. f. ind.* (Robach), Slovenliness: immunditia. *C. S.*

Robair, -e, -ean, *s. m.* A robber: latro. *Voc.* 39. *Vox Angl.*

Robairneach, -ich, *s. m.* A smart, or clever boy: puer sagax et alacris. *C. S.*

Robann, -ainn, *s. m. C. S.* Vide Reubainn.

Robh, *pret. v. irreg.* Bi, q. vide. " Agus thàrladh gu 'n *robh* iad rè bliadhna iomlain air an cruinneachadh maille ris an eaglais." *Gnìomh.* xi. 26. And it came to pass, that a whole year they were assembled with the church. Et factum est, ut annum totum erant congregati unà cum ecclesia.

Robhadh, -aidh, -ean, *s. m. Voc.* 152. Vide Rabhadh.

Ro-bhàs, -àis, *s. m.* (Ro, *pref.* et Bàs), A violent death: violenta mors, interfectio. *O'R.*

Robhas, -ais, -an, *s. m.* A notification, a message, advertisement: monitio, mandatum, nuncius. *C. S.* 2. Intelligence, information regarding any thing lost, or missing: monitio de re aliqua amissa. "Cha d' fhuair mi *robhas* air." *C. S.* I have obtained no intelligence regarding it. Non adeptus sum monitionem de illo.

Ro-bheagan, -ain, *s. m.* (Ro, *pref.* et Beagan), A very small quantity: paulula quantitas. *C. S.*

* Robunn, -uinn, *s. m. Voc.* 147. Vide Reubainn.

Ròc, -a, -am, *s. m.* A hoarse voice, or cry: vox rauca. *C. S.*

Ròc, -aidh, ṙ, *v. n.* Cry hoarsely, utter a hoarse sound: voce raucâ clama, sonitum raucam ede. *C. S.*

Ròcach, -aiche, *adj.* (Ròc), Having a hoarse voice, uttering a hoarse sound, or cry: vocem raucam edens. *C. S.*

Ròcadh, -aidh, *s. m.* et *pres. v.* Ròc. Act of crying hoarsely, or uttering a hoarse sound: voce raucâ clamandi, vel sonitum raucam edendi actus. *C. S.*

Roc, -a, -an, *s. m.* 1. A rock: rupes. *O'R.* et *Provin. Vox Angl.* 2. A wrinkle: ruga. *C. S.*

Roc, -aidh, ṙ, *v. n.* (Roc, *s.*) Become wrinkled: corrugosus fi. *C. S.*

Rocadh, -aidh, *s. m.* et *pres. part. v.* Roc. State of becoming wrinkled: status corrugosus, vel corrugatus fiendi. *A. M'D.* 130.

Rocach, -aiche, *adj.* (Roc), Wrinkled, curly: rugosus, crispatus. *C. S.*

Rocail, -idh, ṙ, *v. a.* et *n.* 1. Tear, or mangle: lacera, divelle, mutila. *C. S.* 2. Corrugate, become corrugated: corrugare. *C. S.*

Ròcail, -e, *s. f.* (Ròc, *v.*) A roaring, or crying with a hoarse voice: raucâ voce clamandi actus. *Macinty.* 151.

Rocal, } -ail, et -aill, -an, *s. m.* Coarse cloth-
Rocall, } ing: crassa vestis. *C. S. Arm.* Rochet, Roket.

Ròcaladh, -aidh, *s. m.* et *pres. part. v.* Ròcail. Act of tearing, or mangling: lacerandi, divellendi, mutilandi actus. *C. S.* 2. State of becoming corrugated: corrugatus fiendi status. *C. S.*

Ròcair, -e, -ean, *s. m.* (Ròc, et Fear), A man with a hoarse voice: qui raucam vocem habet. *C. S.*

Ròcaireachd, *s. f. ind.* (Ròcair). 1. A hoarseness of voice: vocis raucitas. *C. S.* 2. A habit of speaking hoarsely: raucam vocem proferendi consuetudo. *C. S.*

Rocan, -ain, -an, *s. m. dim.* of Roc, *s.* 1. A plait, or fold: plica, sinus. *C. S.* 2. Intricacy: perplexitas. *C. S.*

* Rocan, -ain, -an, *s. m.* 1. A little cottage: tugurium. *O'B.* 2. A hood, or mantle: cucullus. *O'R.* 3. A cloak, or surtout: chlamys, pallium, penula. *Llh.* 4. A thicket: dumetum. *O'R.*

Ròcan, -ain, *s. m.* (Ròc). Hoarseness, a hoarse voice: vox rauca. *C. S.*

Rocanach, -aiche, *adj.* (Rocan). 1. Crisped: crispatus. *O'R.* 2. Wrinkled: rugosus. *C. S.* 3. Plaited, folded, in folds: plicatus. *C. S.* 4. Mantled, hooded: chlamyde, pallio, vel penulâ indutus. *C. S.*

Ròcanach, -aiche, *adj.* (Ròcan), Hoarse, having a hoarse voice: raucus, raucam vocem proferens. *C. S.*

Ròcanachd, *s. f. ind.* (Ròcanach), Hoarseness, a continued hoarse noise: raucitas. *C. S.*

Ròcas, -ais, -an, *s. f.* (Ròc, *v.*) A rook, or black crow: corvus frugilegus. *C. S.*

Roc-eudannach, -aiche, *adj.* (Roc, *s.* et Eudann), Having a wrinkled face: vultum rugosum habens. *Stew.* 87.

Rochall, -aill, -an, *s. m.* A coverlet: stragulum. *C. S.*

Rochd, -a, -an, *s. m. C. S.* Vide Roc, *s.*

Ròchd, -a, -an, *s. m.* A cough, a retching: tussio, vomitus. *Provin.*

Rochdach, -aiche, *adj. C. S.* Vide Rocach.

Ròchdadaich, -e, *s. f.* 1. A retching, coughing: tussiendi actus. *C. S.* 2. A hoarse screaming, as of ravens, or vultures: volucrum rauca vox continuata. *C. S.*

Ròchdail, -e, *s. f. C. S.* Vide Ròcail.

Ròcladh, -aidh, *s. m.* et *pres. part. v.* Ròcail. Mangling, act of mangling, or tearing: lacerandi, vel mutilandi actus. *C. S.*

Rò-choill, -e, -ean, et lltean, *s. f.* (Ro, *pref.* et Coill), A thick wood: sylva conferta.

"Cho grad ṙi feòragan céitein',
"Ṙi crann *rò-choill.*" *R. M'D.* 160.

As nimble as squirrels of May, in a tree of the thick wood. Aequè agilis ac sciuri mensis Maii ad arborem sylvæ confertæ.

Rò-choilleach, -eiche, *adj.* (Rò-choill), Very thick with woods: valdè sylvis densus. *C. S.*

Rò-chrann, -ainn, -an, *s. m.* (Ro, *pref.* et Crann), A stately, or lofty tree: arbor celsa.

"Air mheangain àrd nan *rò-chrannan*,
"Le 'n ceileireadh toirt molaidh binn,
"Do 'n Ti a phill am beòthachd ṙiu."
Stew. 159.

On the high branches of the lofty trees, with their warbling giving melodious praise to the Being who has returned to them their life. Super ramos altos arborum celsarum, cum eorum canora modulatione, dantes laudem canoram Illi qui reverti fecit suum vigorem ipsis.

Rò-chrannach, -aiche, *adj.* (Rò-chrann), Abounding in lofty trees: arboribus celsis frequens. *C. S.*

* Rochuaidh, -e, -ean, *s. f.* 1. A lamprey: anguilla. *Llh.* 2. A plague: pestis. *Llh.*

Ro-chùram, -aim, -an *s. m.* Great anxiety, excessive care: cura eximia. *Macf. V.*

Ro-chùramach, -aiche, *adj.* (Ro-chùram), Over careful: vigilans, nimis cautus. *Macf. V.* et *B. B. Luc.* x. 41.

Ròcus, -uis, -ean, *s. m. C. S.* Vide Ròcas.

Ròd, -òid, -ean, *s. m.* A way, or road: via, iter. *Macf. V. Germ.* Rodo.

Ròd, -òid, -an, A quantity of sea-weed cast on the shore: algæ marinæ ejectæ in littus cumulus. *Provin.*

Ròd, -òid, -an, *s. m.* A foaming sea beating against the shore: spumans mare in littus appulsum. *C. S.*

Rodaidh, -e, *adj.* Coarse featured: oris formâ fœdus. *Provin.*

Rodaidheachd, *s. f. ind.* (Rodaidh), Coarseness of features: vultûs crassities. *Provin.*

Ro-dhéidh, -e, -ean, *s. f.* (Ro, *pref.* et Déidh), Great desire, striving: studium vehemens. *C. S.*

Ro-dhoineanta, -einte, *adj.* (Ro-dhoinionn), Very stormy: maximè procellosus. *Llh.* et *C. S.*

Ro-dhoinnionn, -inn, -ean, *s. m.* (Ro, *pref.* et Doinionn), A severe tempest, or storm: procella gravis. *C. S.*

Ro-dhùil, -e, -ean, *s. f.* (Ro, *pref.* et Dùil), Eager, or earnest expectation: expectatio, vel spes vehemens. "A réir mo *ro-dhùil*." *Phil.* i. 20. According to my earnest expectation. Secundum meam intensam expectationem.

• Ro-dhuine, -aoine, *s. m.* (Ro, *pref.* et Duine), A nobleman: nobilis quis. *Llh.*

Ro-dhùrachd, -an, *s. f.* (Ro, *pref.* et Dùrachd). 1. Great care, or diligence: magna cura, vel diligentia. *C. S.* 2. A strong desire, or inclination: magnum studium. *C. S.*

Ro-earbsa, *s. f.* (Ro, *pref.* et Earbsa), Entire confidence: fiducia integra, vel plena. *C. S.*

Ro-eòlas, -ais, *s. m.* (Ro, *pref.* et Eòlas), Familiarity, intimate acquantance: familiaritas. *C. S.*

Ro-fhuachd, *s. m. ind.* (Ro, *pref.* et Fuachd), Great cold: frigus grave. *Llh.* et *C. S.*

Ròg, -òig, -an, *s. m.* A cheat, a knave: fraudator, homo fallax. *Turn.* 355.

Rògair, -e, -ean, *s. m.* (Ròg, et Fear), A crafty fellow, a knave: fraudator, homo fallax. *Turn.* 354.

Rògaireachd, *s. f. ind.* (Rògair), Roguery, craftiness: fraudulentia, vafritia. *C. S.*

• Rogh, -aidh, ṙ, *v. a.* Choose: elige. *O'B.*

Rogha, -aidhean, } *s. m. C. S.* et *Macf. V.*
Roghadh, -aidh, -ean, } Id. q. Roghainn.

Roghainn, -e, -ean, *s. f.* (Rogh, *v.*) 1. A choice, or selection, a chusing: selectio, electio, electus, optio. "Rinn thu *roghainn* an diugh de 'n Tighearn, gu bhi 'n a Dhia dhuit." *Deut.* xxvi. 17. Thou hast made choice this day of the Lord to be a God to thee. Fecisti electionem hodie Dominum Deum fore Deum tibi. 2. The best of any thing: rei cujusvis optimum. *C. S.*

Roghainneach, -eiche, *adj.* (Roghainn). 1. Eligible: eligibilis. *C. S.* 2. Preferable: anteferendus. *C. S.* Vide Roghnach.

Roghainnich, -idh, ṙ, *v. a.* (Roghainn). *C. S.* Vide Roghnaich.

• Roghmhar, -air, *s. m. B. B. Luc.* xvi. 3. Vide Ruadhar, et Ruamhar.

Roghnach, -aiche, *adj.* (Roghainn). 1. Eligible, to be chosen, or desired: eligibilis, optabilis. *C. S.* 2. Preferable: anteferendus, vel anteponendus. *C. S.*

Roghnachadh, -aidh, *s. m.* et *pres. part. v.* Roghnaich. A choosing, act of chusing, or selecting: eligendi actus. *C. S.* 2. A preferring, act of preferring, a preference: anteponendi actus, optio. *C. S.*

Roghnaich, -idh, ṙ, *v. a.* (Roghainn). 1. Chuse, select, elect: elige. "Na biodh farmad agad ṙi fear an fhòirneirt, agus na *roghnaich* a' bheag d' a shlighibh." *Gnà.* iii. 31. Envy not thou the oppressor, and chuse none of his ways. Ne sit invidia tibi erga hominem violentiæ, et ne eligito minimum ex ejus viis. 2. Prefer, give a preference: antepone. *C. S.*

Roghnaichte, *pret. part. v.* Roghnaich. 1. Chosen, selected, elected: electus. *C. S.* 2. Preferred: antepositus. *C. S.*

Roghnuchadh, -aidh, *s. m.* et *pres. part. v.* Roghnuich. *C. S.* Id. q. Roghnachadh.

Roghnuich, -idh, ṙ, *v. a. C. S.* Vide Roghnaich.

Roghnuichte, *pret. part. v.* Roghnuich. *C. S.* Vide Roghnaichte.

Roghuinn, -e, -ean, *s. f. C. S.* Vide Roghainn.

Roghuinneach, -eiche, *adj.* (Roghuinn). *C. S.* Roghnach.

Roi', *prep. C. S. contr.* for Roimh, *prep.* q. vide.

Roi', *prep. C. S. contr.* for Troimh, q. vide.

Roi'-aithne, *s. f. ind. C. S.* Vide Roimh-aithne.

Roi'-aithnich, -idh, ṙ, *v. a. Macf. V.* Vide Roimh-aithnich.

Ròib, -e, *s. f.* 1. Filth, slovenliness: sordes, squalor. *C. S.* 2. Filth around the mouth: circum os squalor. *C. S.* 3. An overgrown, or squalid beard: barba squalida. *C. S.*

Ròibeach, -eiche, *adj.* (Ròib). 1. Filthy, slovenly: squalidus. *C. S.* 2. Having filth round the mouth: circum os squalorem gerens. *C. S.* 3. Having an overgrown, or squalid beard: barbam squalidam gerens. *C. S.*

Ròibean, -ean, -an, *s. m. dim.* of Ròib. 1. Filthiness: squalor. *C. S.* 2. Filth around the mouth: circa os squalor. *Gill.* 140. 3. A squalid little beard: barba squalida. *C. S.*

Ròib-fheusagach, -aiche, *adj.* (Ròib, et Feusag), Having a squalid beard: barbam squalidam gerens. *A. M'D.* 176.

Ròibeanach, -aiche, *adj.* (Ròibean). *C. S.* Vide Ròibeach.

Ròibeanachd, *s. f. ind.* (Ròibeanach). *C. S.* Vide Ròib.

• Roibne, -ean, *s. f.* A lance: lancea. *Voc.* 115.

Ròic, -idh, ṙ, *v. n.* Tear: velle, divelle. *MSS.*

Roic, -e, -ean, *s. f. C. S.* Vide Raoic.

Ròic, -e, -ean, *s. m.* 1. A sumptuous feast: convivium sumptuosum. *C. S.* 2. Luxury of the table: luxus, luxuria. *C. S.* 3. A fondness for good eating, epicurism: ingluvies, gula. *Gill.* 174.

Ròiceach, -eiche, *adj.* (Ròic). *C. S.* Vide Ròiceil.

Ròicealachd, *s. f. ind.* (Ròiceil). 1. Luxury, luxuriousness: luxus. *C. S.* 2. Epicurism, gluttony: ingluvies, gula. *C. S.*

Ròiceil, -e, *adj.* (Ròic). 1. Luxurious: luxuriosus. *C. S.* 2. Gluttonous: gulosus. *C. S.*

Roid, -e, *s. f.* Dutch myrtle, or sweet gale: myrica gale. *Lightf.* et *C. S.*

Roid, -e, -ean, *s. f.* 1. A short race: cursus brevis. *Provin.* et *O'R.* 2. A gale: flabrum. *O'R.* 3. Force, force produced by motion: momentum, impetus. *O'R.* *Gr.* ῥέω. *Wel.* Rhedeg. *Arm.* Rhedeg. *Hebr.* רהט *rehat.*

Roideas, -eis, *s. f.* (Roid), A running about, frisking: insiliendi, huc illuc cursitandi actus, vel consuetudo. *Provin.*

* Roididh, -e, *adj.* Rotten, shrunk, old like: putrescens, corrugatus, annosus. *O'R.*

Roighneach, -eiche, *adj. MSS.* Vide Roghnach.

Roighneachadh, -aidh, *s. m.* et *pres. part. v.* Roighnich. Vide Roghnachadh.

Roighnich, -idh, ṙ, *v. a. MSS.* Vide Roghnaich.

Roighnichte, *pret. part. v.* Roighnich. Vide Rognaichte.

* Roile, *s. m. v. f. Vt.* 96. *i. e.* Céile, q. vide. "Ré roile." *i. e.* "Ṙi chéile."

Roilean, -ein, -an, *s. m. MSS.* Vide Roithlean.

Roileasg, -eisg, -an, *s. m.* A confused joy: gaudium perturbatum. *Provin.*

Roileasgach, -aiche, *adj.* (Roileasg), Confused with joy: gaudio victus. *Provin.*

Roilig, -e, -ean, *Provin.* Vide Réidhlic.

Roille-chraos, -aois, -an, *s. m.* A slavering mouth: os pituitosum. *Provin.*

Roille-chraosach, -aiche, *adj.* (Roille-chraos), Having a slavering mouth: ore defluctus. *Provin.*

Roilleamas, -ais, *s. m.* Coarse play: ludus agrestis, vel inurbanus. *Provin.*

Roilleamasach, -aiche, *adj.* (Roilleamas), Given to coarse play: ludo agresti consuetus. *Provin.*

* Roillean, -ein, -an, *s. m.* A fan: vannus. *B. B.*
* Roilleun, *Luke* iii. 17.

Roimh, *prep. S. D.* 18. Vide Troimh, et Troimhe.

Ṙoimh, *prep.* 1. Before, in respect of situation, Ṙoimhe, or place: ante, locum adhibens. "Imich *ṙoimh* 'n t-sluagh." *Ecs.* xviii. 5. Go on before the people. Vade ante populum. 2. Before, in respect of time: ante, tempus adhibens. "*Ṙoimh* theachd là mhòir agus uamhasaich an Tighearn." *Mal.* iv. 5. Before the coming of the great and dreadful day of the Lord. Ante adventum diei magni et terribilis Domini Dei. 3. Before, above, in preference to: præ, ad adoptionem, vel electionem spectans. "Ach *ṙoimh* na h-uile ṅithibh, mo bhràithre, ṅa tuguibh mionnan." *Seum.* v. 12. But above all things, my brethren, swear not. Vero, ante omnia, mei fratres, ne jurate. 4. i. e. "Roimhe." Without its regimen having the same meaning, as if joined to the pronoun, E. Before him, or it: ante illum, vel illud. "Am fear nach seall *ṙoimhe* seallaidh e 'ṅ a dhéigh." *Prov.* He who looks not before him, will look behind him. Qui non intuetur ante ipsum respiciet; *lit.* intuebitur post ipsum. "Chuir e *ṙoimhe*." *C. S.* He purposed, or intended; *lit.* set before himself. Proposuit sibi; i. e. iniit consilium. "Imich ṙomhad." 1. Go forward: progredere. 2. Get thee gone: abi, apage. "Dh' fhalbh e ṙoimhe." *Gram.* 141. He went his way. Abivit, *lit.* ante ipsum, i. e. in suum iter. "An latha ṙoimhe." *C. S.* The other day, i. e. A few days ago. Paucis diebus ante hoc, *lit.* Dies anteà. "Ṙoimh a chéile," *adv. Gram.* 126. Prematurely, too hastily: præmaturè, nimis festinanter. *Wel.* Rhag. *Dav.*

Roimh-ainmichte, *adj.* (Roimh, et Ainmichte), The fore mentioned: prænominatus, dictus. *C. S.*

Roimh-aisneis, -e, -ean, *s. f.* (Roimh, et Aisneis), A foretelling: prædictio. *C. S.*

Roimh-aithne, *s. f. ind.* (Roimh, et Aithne), Foreknowledge: præscientia. *C. S.*

Roimh-aithneachadh, -aidh, *s. m.* et *pres. part. v.* Roimh-aithnich. Foreknowing, act of foreknowing: prænoscendi actus. *C. S.*

Roimh-aithnich, -idh, ṙ, *v. a.* (Roimh, et Aithnich), Foreknow: præsci, prænosce.

Roimh-aithnichte, *adj.* (Roimh, et Aithnichte), Foreknown: prænotus.

Roimh-aithris, -idh, ṙ, *v. a.* (Roimh, et Aithris). 1. Previously rehearse: primùm recita. *C. S.* 2. Forebode, foretell: præsagi, omninare. *C. S.*

Roimh-aithris, -e, -ean, *s. f.* (Roimh, et Aithris, *s.*). 1. A previous rehearsal: prior recitatio. *C. S.* 2. A foreboding, or foretelling: prædictio, ominandi actus, vel consuetudo. *C. S.*

Roimh-bheachd, -an, *s. m.* (Roimh, et Beachd). 1. Preconception: præconceptio. *C. S.* 2. Foreknowledge: præscientia. *C. S.* 3. A pre-sentiment: præ-sententia, rei futuræ in animo præmonitio. *C. S.*

Roimh-bheachdach, -aiche, *adj.* (Roimh-bheachd), 1. Pre-conceiving: præconcipiens. *C. S.* 2. Foreknowing, or looking forward: prænoscens, vel in tempus futurum prospiciens. *C. S.* 3. Giving a pre-sentimeut: rei futuræ monitionem præbens. *C. S.*

Roimh-bheachdachadh, -aidh, *s. m.* et *pres. part. v.* Roimh-bheachdaich. 1. Pre-conceiving act of preconceiving: præconcipiendi actus. *C. S.* 2. Act of foreknowing: prænoscendi actus. *C. S.* 3. Act of pre-considering: priùs secum volvendi actus. *C. S.*

Roimh-bheachdaich, -idh, ṙ, *v. a.* (Roimh, et Beachdaich). 1. Pre-conceive: præconcipe. *C. S.* 2. Foreknow: prænosce, præscito. *C. S.* 3. Consider before hand: priùs tecum volve. *C. S.*

Roimh-bheachdail, -e, *adj.* (Roimh-bheachd). *C. S.* Id. q. Roimh-bheachdach.

Roimh-bhlais, -idh, ṙ, *v. a.* (Roimh, et Blais), Foretaste: prægusta. *C. S.*

Roimh-bhlas, -ais, -an, *s. m.* (Roimh, et Blas), A foretaste: prægustatio. *C. S.*

Roimh-bhlasad, -aid, -an, *s. m.* et *pres. part. v.* Fore-tasting, act of foretasting: prægustandi actus. *C. S.*

Roimh-bhriathar, -air, -thran, *s. m.* (Roimh, et Briathar). 1. An adverb: adverbium. *MSS.* 2. A preposition: præpositio. *O'R.*

ROIMH-CHROICIONN, -INN, -EAN, *s. m.* (Roimh, et Croicionn), The fore-skin: præputium. *Gen.* xvii. 11.

ROIMH-DHÌLINNEACH, -EICHE, *adj.* (Roimh, et Dìlinn) Antediluvian: ante diluvium existens. *C. S.*

ROIMH-DHÌLINNEACH, -EICHE, *s. m. v. f.* (Roimh, et Dìlinn), An antediluvian: qui vel quæ ante diluvium extiterat. *C. S.*

ROIMHE, *adv.* (Roimh, *prep.*), Before, before now, formerly: antea, priùs. "Agus ciod nam faiceadh sibh mac an duine a' dol suas do 'n àit anns an robh e *roimhe?*" *Eòin.* vi. 62. And what if ye should see the Son of man ascend up where he was before? Et quid si spectaveritis filium hominis ascendentem eò ubi erat priùs?

ROIMH-EADRADH, -AIDH, -EAN, *s. m.* (Roimh, et Eadradh), The forenoon: ante meridiem. *C. S.*

ROIMH-GHEALL, -AIDH, ṙ, *v. a.* (Roimh, et Geall), Promise before-hand: prius promitte. *C. S.*

ROIMH-GHEALLTAIN, -E, -EAN, *s. m.* et *pres. part. v.* Roimh-gheall. 1. Act of promising beforehand: priùs promittendi actus. *C. S.* 2. A pre-engagement: obligatio antecedens. *C. S.*

ROIMHE-CHÉILE *adv. C. S.* Vide Troimhe chéile.

ROIMH-EÒLAS, -AIS, *s. m.* (Roimh, et Eòlas), Foreknowledge: præscientia. *C. S.*

ROIMH-FHEUCHAINN, -E, -EAN, *s. m.* (Roimh, et Feuchainn), A foreseeing, taking precaution: provisio, circumspectio. *C. S.*

ROIMH-FHIOS, -A, *s. m.* (Roimh, et Fios). *C. S.* Vide Roimh-eòlas.

ROIMH-INNIS, -NNSIDH, ṙ, *v. a.* (Roimh, et Innis), Foretell: prædic. *C. S.*

ROIMH-INNSEADH, -EIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Roimh-innis. A foretelling: prædictio, prædicendi actus, augurium. *C. S.*

ROIMH-LÒN, -ÒIN, -AN, *s. m.* (Roimh, et Lòn), Provision for a journey: viaticum. *Sh.* et *C. S.*

ROIMH-ÒRDUCHADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Roimh-òrduich. 1. An ordering beforehand, act of ordering beforehand: priùs ordinandi, vel disponendi actus. *C. S.* 2. A foreordaining, or predestinating, act of predestinating, predestination: prædestinandi actus, prædestinatio. *C. S.*

ROIMH-ÒRDUICH, -IDH, ṙ, *v. a.* (Roimh, et Òrduich). 1. Order beforehand, or previously: priùs ordina, vel dispone, vel jube. *C. S.* 2. Fore-ordain, predestinate: prædestina. "An dream a *roimh-òrduich* e, ghairm e iad mar an ceudna." *Rom.* viii. 30. Those whom he did predestinate, he called them also. Quos prædestinaverat, vocavit eos etiam.

ROIMH-ÒRDUICHTE, *pret. part. v.* Roimh-òrduich. 1. Ordered beforehand, or previously: priùs ordinatus. *C. S.* 2. Fore-ordained, predestinated: prædestinatus. *C. S.*

ROIMH-RÀDH, -ÀIDH, -AN, (Roimh, et Ràdh), A preface: præfatio. *C. S.*

ROIMH-RUITH-FHEAR, -IR, -AN, *s. m.* (Roimh, Ruith, et Fear), A forerunner: præcursor. "Far an deach an *roimh-ruith-fhear* a steach air ar son-ne." *Eabhr.* v.. 30. Whither the forerunner is for us entered. Quo præcursor ingressus est pro nobis.

ROIMH-SHEALL, -AIDH, ṙ, *v. a.* (Roimh, et Seall). 1. Look forward: prospice. *C. S.* 2. Provide against: provide. *C. S.*

ROIMH-SHEALLACH, -AICHE, *adj.* (Roimh, et Seall), Looking forward, foreseeing, cautious: prospiciens, cautus, cavens. *C. S.*

ROIMH-SHEALLADH, -AIDH, -EAN, *s. m.* 1. Foresight: providentia. *C. S.* 2. A previous look, or sight: intuitus prior. *C. S.* 3. A front view: à fronte prospectus. *C. S.*

ROIMH-SHEALLTUINN, *s. m.* et *pres. part. v.* Roimh-sheall. 1. A looking forward, act of looking forward: prospiciendi actus. *C. S.* 2. Act of providing against: providendi actus. *C. S.*

ROIMH-SMAOIN, -E, -TEAN, *s. f.* (Roimh, et Smaoin), A forethought, previous reflection: præmeditatio. *C. S.*

ROIMH-SMAOINEACHADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Roimh-smaoinich. Act of pre-considering, or anticipating: prius secum volvendi, antecapiendi actus. *C. S.*

ROIMH-SMAOINICH, -IDH, ṙ, *v. a.* et *n.* (Roimh, et Smaoinich), Think beforehand, pre-consider: priùs tecum volve. *C. S.*

ROIMH-SMAOINTEACHAIL, -E, *adj.* (Roimh-smaoinich), Thinking beforehand, provident, cautious: priùs secum volvens, providens, cavens. *C. S.*

ROIMH-SMUAIN, -E, -TEAN, *s. f. C. S.* Vide Roimh-smaoin.

ROIMH-SMUAINEACHADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Roimh-smuainich. *C. S.* Vide Roimh-smaoineachadh.

ROIMH-SMUAINICH, -IDH, ṙ, *v. a.* et *n. C. S.* Vide Roimh-smaoinich.

ROIMH-THAGH, -AIDH, ṙ, *v. a.* (Roimh, et Tagh), Fore-choose, pre-elect: præelige. *C. S.*

ROIMH-THAGHADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Roimh-thagh. 1. Fore-choosing, act of fore-choosing, or pre-electing: præeligendi actus, præelectio. *C. S.* 2. Predestination: prædestinatio. *C. S.*

ROIMH-THAGHTA, *pret. part. v.* Roimh-thagh. 1. Fore-chosen, pre-elected: præelectus. *C. S.* 2. Predestinated: prædestinatus. *C. S.*

ROIMH-THEACHDAIR, -E, -EAN, et -CHDRAICHEAN, *s. m.* (Roimh, et Teachdair), A forerunner: præcursor. *C. S.*

ROIMPE, *prep.* conjoined with *pers. pron.* (Roimh, et I), Before her: ante illam. *Macf. V.* et *C. S.* Vide Roimh, *prep.*

RÒIN, -E, -EAN, *s. f.* 1. A hair, a hair of a horse's tail, or mane: capillus, capillus ex equi cauda, vel juba. *C. S.* 2. A small quantity of wool, or of any hairy substance: lanæ fasciculus exiguus, vel rei cujusvis villosæ. *C. S.*

RÒIN, *gen.* et *pl.* of Ròn, q. vide.

RÒINEACH, -EICHE, *adj.* (Ròin), Hairy, crinigerous: crinitus, hirsutus. *C. S.*

RÒINEAG, -EIG, -AN, *s. f. dim.* of Ròin. 1. A hair: capillus, capillamentum. *C. S.* 2. A small quantity of wool, or any hairy substance: lanæ fasciculus exiguus, vel rei cujusvis villosæ. *C. S.*

RÒINEAGACH, -AICHE, *adj.* (Ròineag). 1. Hairy:

capillosus. *C. S.* 2. Having small quantities of wool, or of any thing hairy: lanæ fasciculos gerens, vel rei cujusvis villosæ. *C. S.*

Roinn, -e, -ean, *s. f.* 1. A share, portion: pars, portio. *C. S.* 2. A division, or dividing: divisio. *C. S.* 3. A sect, a division, a schism: secta, schisma. "Comharaichibh iadsan a tha togail *roinnean*, agus seachnaibh iad." *Rom.* xvi. 17. Mark them who cause divisions, and avoid them. Observate illos qui excitant schismata, et evitate illos. *Wel.* Rhan. *Dav.*

Roinn, -e, -ean, *s. m.* 1. A point, as of a weapon: cuspis.

"Tha chlaidheamh, a charaid ṙi gàbhadh,
"Fathast an làimh an laoich,
"Tha '*ṙoinn* 'g a shàthadh an colainn an tuirc.
'S e tuiteam air 'uchd 's an aonach." *S. D.* 108.

His sword, his friend in the season of peril, is still in the hero's hand; its point is stabbed into the boar's body, while he falls on his breast upon the hill. Est (ejus) gladius, ejus amicus ad periculum, adhuc in manu herois; transfigitur (ejus) cuspis in truncum apri, illo cadente in (ipsius) pectus super colle. 2. A small promontory, or head-land: promontorium exiguum. *C. S.* *Wel.* Rhyn. *Walt.*

Roinn, *s. m. ind.* et *pres. part. v.* Roinn. Dividing, act of dividing: dividendi actus. *C. S.*

Roinn, -idh, ṙ, *v. a.* (Roinn, *s.*) Divide, impart, distribute: divide, distribue. "An ti aig am bheil dà chòta, *roinneadh* e ṙis an ti aig nach 'eil." *Luc.* iii. 11. He that hath two coats, let him impart to him that hath none. Qui habet duas tunicas, impertiatur nonhabenti.

Ròinn, -e -ean *s. m. C. S.* Vide Ròin. *Scot.* Rone. *Jam.*

Ròinneach, -eiche, *adj.* (Ròinn). *O'R.* et *C. S.* Vide Ròineach.

Roinneach, -eiche, *adj.* (Roinn). 1. Pointed, having a sharp point: cuspide instructus. *C. S.* 2. Abounding in little promontories, or head-lands: promontoriis exiguis frequens. *C. S.*

Roinneachadh, -aidh, *s. m.* et *pres. part. v.* Roinnich. Sharpening, or forming into a point, act of forming into a point: in cuspidem trahendi, vel exacuandi actus. *C. S.*

Roinneadair, -e, -ean, *s. m.* (Roinn, *v.* et Fear), A divider: divisor. *C. S.*

Roinneadh, -eidh, *s. m.* et *pres. part. v.* Roinn. *O'R.* Vide Roinn.

Ròinneag, -aig, -an, *s. f.* A little hair: capillamentum. *C. S.* Id. q. Ròineag.

Ròinneagach, -aiche, *adj.* (Ròinneag). *C. S.* Vide Ròineagach.

Ròinnean, -ein, -an, *s. m. dimin.* of Ròin. Id. q. Ròineag, et Ròinean.

Ròinneanach, -aiche, *adj.* (Ròinnean). *C. S.* Vide Ròineagach.

Roinnich, -idh, ṙ, *v. a.* (Roinn), Sharpen, sharpen into a point: in cuspidem trahe, vel exacua. *C. S.*

Roinnichte, *pret. part. v.* Roinnich. Sharpened into a point: in cuspidem exacuatus, vel formatus. *C. S.*

Ròinnidh, -e, *adj.* (Ròinne), Hairy: crinitus. *C. S.*

Ròinn-leine, -léintean, *s. f.* (Ròinn, et Léine), A hair shirt: indusium setosum. *O'R.*

Roinn-phàirteach, -eiche, et -aiche, *adj.* (Roinn, Roinn-phàrtach, et Pàirteach). 1. Sharing, dividing, imparting: impertiens, dividens, distribuens. *C. S.* 2. Divisible: divisibilis. *C. S.*

Roinn-phàirteachadh, -aidh, *s. m.* et *pres. part. v.* Roinn-phàrtachadh, Roinn-phàirtich. Distributing, act of distributing, imparting, or sharing: impertiendi, distribuendi, vel dividendi, actus. *C. S.*

Roinn-phàirtich, -idh, ṙ, *v. a.* Share, divide, distribute, impart: impertire, divide, distribue. *C. S.*

Roinn-gheur, -a, et -eòra, *adj.* (Roinn, et Geur), Having a sharp point, sharp-pointed: cuspide acutus. *C. S.*

Roinnte, *adj.* et *pret. part. v.* Roinn. 1. Divided, shared, distributed: divisus, distributus. *C. S.* 2. Disagreeing, dissentient: dissensus, divisus. *C. S.*

Rois, -idh, ṙ, *v. a.* et *n. Provin.* Vide Ros, *v.*

Roiseadh, -eidh, *s. m.* et *pres. part. v.* Rois. *Provin.* Vide Rosadh.

Ròis, *gen.* of Ròs, q. vide.

Rois, *gen.* of Ros, q. vide.

Ròisd, -idh, ṙ, *v. a. C. S.* Vide Ròist.

Ròiseal, -eil, -an, *s. m.* 1. A high swelling wave, or surge: altus fluctus, aquæ mons. *C. S.* 2. An assault, an attack: aggressio, impetus. 3. A boast, boasting: ampullæ, jactatio. *C. S.* 4. The force, or rapidity of a ship, or boat in sailing: navis, vel cymbæ impetus per mare progredientis. *Gill.* 269.

Ròiseal, -eile, *adj.* (Ro-ìosal), The lowest, most base: turpissimus. *O'B.* et *R. M'D.* 99.

Ròisealach, -aiche, *adj.* (Ròiseal). 1. Abounding in high waves, or surges: altis fluctibus frequens. *C. S.* 2. Making an attack, or assault: impetum vel aggressionem faciens. *C. S.* 3. Boastful, boasting: jactans. *C. S.* Making rapid progress in sailing, sailing swiftly: velociter navigans. *C. S.*

Ròisead, -eid, *s. f.* Rosin: resina. *Voc.* 69. *Scot.* Roset, et Rozet. *Jam*

Ròiseadach, -aiche, *adj.* (Ròisead), Resinous: resinosus. *C. S.*

Roisg, *gen.* et *pl.* of Rosg, q. vide.

Ròisgeul, -eil, -an, *s. m.* (Ro, *pref.* et Sgeul). 1. A romance, or romantic tale: narratio ficta. *Gill.* 178. 2. A boasting, swelling words; ampullæ. *C. S.*

Roisgeulach, -aiche, *adj.* (Roisgeul). 1. Telling romantic tales: narrationes fictas dicens. *C. S.* 5. Boastful: jactans. *C. S.*

Ròis-iarunn, -uinn, -an, *s. m.* (Ròist, et Iarunn), A roasting spit: veru. *Voc.* 82.

Ròist, -idh, ṙ, *v. a.* 1. Roast, toast: igne subjecto torre. *C. S.* 2. Parch, scorch: arefac, adure. *C. S.*

Ròiste, *pret. part. v.* Ròist. Roasted, toasted: tostus igne subjecto. "Agus ithidh iad an fheòil 's an oidhche sin féin *ròiste* le teine." *Ecs.* xii. 8. And they shall eat the flesh in that same night roast with fire. Et comedent carnem ea ipsa nocte assam igne.

Ròisteach, -ich, -ean, *s. f.* A roach: rubellis. *O'R.*

* Roith, -e, -ean, *s. f. MSS.* Vide Roth.

* Roithean. *MSS. pl.* of Roth, q. vide.

Roithleach, -eiche, *adj.* (Roith), Rolling, tossing, unsteady: rotulans, vacillans, instabilis. *C. S.*

* Roithleachan, -ain, -an, *s. m.* 1. A circle: circulus. *MSS.* 2. A wheel: rota. *Llh.*

Roithlean, -ein, -an, *s. m.* 1. A little wheel: rota exigua, rotula. *C. S.* 2. The rim of a wheel: rotæ margo. *C. S.* 3. The little groved wheel of a pully: rombus. *O'B.* et *C. S,* 4. A whirly-gig: verticulum. *O'R.* 5. The knee-pan: rotula. *C. S. Arm.* Ruill, Ruillan.

Roithleanach, -aiche, *adj.* (Roithlean), Having small wheels: rotulis instructus. *C. S.*

Roithlear, -ir, -an, *s. m.* (Roithlean, et Fear), A wheel-wright: faber rotarum. *Llh.*

* Roithleun, -ein, -an, *s. m.* A wheel: rota. *Bibl. Gloss.*

Roithlearachd, *s. f. ind.* (Roithlear), The business of a wheel-wright: rotarum fabricatio. *MSS.*

Roithleis, -e, *s. f.* Vide Roileas.

Roithleiseach, -eiche, *adj. C. S.* Vide Roileasach.

Roithlich, -e, *s. f.* Noise of the shrouds of a ship in a storm: stridor rudentium. *Hebrid.*

Rol, } -a, -an, *s. m.* A volume, a roll: tomus, fo-
Rola, } lium, volumen. "Ann an *rola* an leabhair tha e sgrìobhta ormsa." *Salm.* xl. 7. In the volume of the book it is written of me. In volumine libri est scriptum de me. *Wel.* Rhol. *Arm.* Roll, et Rol. *Fr.* Role. *Span.* Rollo. *Basq.* Erroleoa. *Lat.* Rotulus.

Rol, -aidh, ṙ, *v. a.* 1. Roll: volve.

"*Rol* an treas tonn iad ṫeis-san gu tràigh." *S. D.* 129.

The third wave rolled them together with him to the shore. Volvit tertius fluctus eos unà cum illo ad littus. 2. Make into rolls, roll together: in volumina redde, vel fac. *C. S. Wel.* Rholio, Rhalian, et Trolio. *Walt. Germ.* Rollen. *Wacht. Belg.* Rollen. *Fr.* Rouler.

Rola, -an, *s. m. C. S.* Vide Rol, *s.*

Rolach, -aiche, *adj.* (Rola), In volumes, or rolls: in volumina redditus. *C. S.*

Roladh, -aidh, *s. m.* et *pres. part. v.* Rol. 1. Rolling, act of rolling: volvendi actus. *C. S.* 2. Act of making into rolls: in volumina reddendi actus. *C. S.* 3. A roll, or volume: volumen. *C. S. Fr.* Rouleau.

Rolag, -aig, -an, *s. f. dim.* of Rola. 1. A little roll: volumen exiguum. *C. S.* 2. Any small thing rolled together: quodvis convolutum. *C. S.*

Rolagach, -aiche, *adj.* (Rolag), Rolled, or in rows, like carded wool, or hay: in volumna convolutus, quasi lana carminata, vel fœnum.

Rolair, -e, -ean, *s. m.* (Rol, *v.* et Fear), A roller: cylindrus. *C. S.*

Ròlaist, -e, -ean, *s. m.* 1. A romance: narratio ficta. *C. S.* 2. Declamation, exaggeration: rhapsodia. *C. S.*

Ròlaisteach, -eiche, *adj.* (Ròlaist). 1. Fabulous: fabulosus. *C. S.* 2. Given to declamation, or exaggeration: ad rhapsodiam proclivis. *C. S.*

Ròmach, -aiche, *adj.* Hairy, rough with hair: villosus, crinitus. *A. M'D.* 139.

Ròmaiche, *s. f. ind.* (Ròmach), Hairiness: hirsutia. *C. S.*

Ròmaichead, -eid, *s. f.* (Ròmach), Hairiness, degree of hairiness: hirsutia, hirsutiæ gradus. *C. S.*

Ròmas, -ais, -an, *s. f.* (Ròmach), Hairiness: hirsutia. *C. S.*

Ròmasach, -aiche, *adj.* (Ròmas). *C. S.* Id. q. Ròmach.

Romhad, *prep.* conjoined with *pers. pron.* (Roimh, et Thu), Before thee: ante te. "Feuch, chuir mi *romhad* an diugh, beatha, agus maith." *Deut.* xxx. 15. See, I have set before thee this day, life and good. Vide, posui ante te hodie, vitam et bonum. "Abair *romhad.*" *C. S.* Speak on: loquere. "Imich *romhad.*" *C. S.* Get thee gone: abi. "Amhairc *romhad.*" *C. S.* Look before thee: prospice, prævide. *Emph.* "Romhadsa." Vide Roimh, *prep.*

Romhaibh, *prep.* conjoined with *pers. pron.* (Roimh, et Sibh), Before you: ante vos. *C. S. Emph.* Romhaibh-se. Vide Roimh, *prep.*

Romhainn, *prep.* conjoined with *pers. pron.* (Roimh, et Sinn), Before us: ante nos. *C. S. Emph.* Romhainne. Vide Roimh, *prep.*

Romham, *prep.* conjoined with *pers. pron.* (Roimh, et Mi), Before me: ante me. "Chuir mi an Tighearna *romham* a ghnàth." *Salm.* xvi. 8. I have set the Lord always before me. Posui Dominum Deum ante me quotidie. "Chuir mi *romham.*" *C. S.* I proposed, or purposed. Proposui mihi. "Chaidh mi *romham.*" *C. S.* I went forward. Progressus sum. *Emph.* Romham-sa. Vide Roimh, *prep.*

* Romhan, -ain, *s. m.* French wheat: triticum Gallicum. *O'R.*

Ròmhan, -ain, -an, *s. m.* A groan: gemitus. *Provin.*

Ròmhanaich, -e, *s. f.* (Ròmhan), A groaning, an uttering of hollow groans: suspiriorum prolatio. *C. S.*

Romhas, -ais, -an, *s. m. C. S.* Vide Robhas.

Ro-mheud, *s. m.* (Ro, *pref.* et Meud), Excessive greatness: nimia magnitudo. *C. S.*

Ro-mhiann, -a, -an, *s. m.* (Ro, *pref.* et Miann), Excessive, or great desire: cupiditas vehemens, vel nimia. *C. S.*

Ro-mhòid, -e, *s. f.* 1. Excessive greatness: magnitudo eximia. *C. S.* 2. *adj. comp.* of Ro, et Mòr, *adj.* q. vide.

Rompa, *prep.* conjoined with *pers. pron.* (Roimh, et Iad), Before them: ante illos. *Macf. V.* et *C. S. Emph.* Rompa-san. Vide Roimh, *prep.*

Ròn, -òin, *s. m.* 1. A seal, or sea calf: phoca.

"Ionad folaich nan *ròn* slàpach." *S. D.* 173. The hiding place of (the) slimy seals. Latebra phocarum glutinosarum. 2. Hair of the mane, or tail of a horse, or cow: equi, vel bovis caudæ, vel jubæ hirsutia. *C. S.* 3. i. e. "*Ròn* lonaid." A circle of twisted hair round the instrument by which

milk or whey is frothed: funiculus villosus circa tabellam instrumenti quo lac, vel lactis serum in spumam agitur. *C. S.* Vide Loinid. *Wel.* Rhawn, the long, or coarse hair of beasts, the hair of a horse's tail: villus pecudum longum crassumque, vel equi caudæ. *Ow.* Moel-Rhawn. *Dav.* et *Walt.* A seal: phoca, i. e. *Gael.* Maol-ròn. Vide Maol.

RÒNACH, -AICH, *s. m.* (Ròn), A seal hunt: venatio phocarum. *Hebrid.*

RÒNACH, -AICHE, *adj.* (Ròn), Abounding in seals: phocis abundans. *C. S.*

RÒNACH, -AICH, *s. m.* An inhabitant of the island of Rona: incola Ronæ insulæ. *Hebrid.*

RÒNACHAN, -AIN, *s. m.* (Ròn), A fellow like a sea calf: similis phocæ quis, per ridiculum. *C. S.*

RO-NADURTHA, *adj.* (Ro, *pref.* et Nàdurra), Very natural: valde congruens. *O'B.*

RÒNAN, -AIN, -AN, *s. m. dim.* of Ròn. A little sea-calf: phoculus. *C. S.*

RONG, -A, et -OINGE, -AN, et -AIS, *s. f.* 1. A joining spar, any piece of wood by which other two are joined: trabecula lignea quævis alias conjungendo utilis. *C. S.* 2. A rib, or timber of a boat: cymbæ costa. *C. S.* 3. A staff, a bludgeon: fustis. *C. S.* 4. A lean cadaverous looking person: macilentus cadaverosus quis. *C. S.* 5. An idle, lazy, or lounging person: socors, ignavus, vel desidiosus quis. *C. S.* *Isl.* Raung. *Swed.* Rong, Rang, et Wraeng. *Fr.* Varangues, the ribs of a ship: navis costæ. *Isl.* Rang, the the perch, or pole on which fowls sit when they sleep: sedile aviarium. *Scot.* Rung, any long piece of wood, but most frequently a coarse heavy staff: lignum quodvis longum, sæpissimè, fustis inhabilis gravisque. *Jam.* Vide Rongais.

RONG, -OING, *s. m.* The vital spark, life: vitæ anhelitus. "Cha 'n 'eil *rong* ann." *C. S.* He, or it, is lifeless. Exanimis est.

RONGACH, -AICHE, *adj.* (Rong). 1. Having spars, joined by spars: trabeculas habens, vel trabeculis conjunctus. *C. S.* 2. Like a spar: trabeculæ similis. *C. S.* 3. Having bludgeons, or staves: fustibus instructus. *C. S.* 4. Like a staff, or bludgeon: fusti similis. *C. S.* 5. Lean, cadaverous: macilentus, cadaverosus. *C. S.* 6. Idle, lazy, lounging: socors, ignavus, desidiosus. *C. S.* 7. Tedious, lingering, delaying: morans, tardus. *C. S.*

RONGACHADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Rongaich. 1. State of becoming lean, or meagre: macilentus, vel strigosus fiendi status. *C. S.* 2. Act of lingering, or delaying: cessandi, cunctandi, moras trahendi actus. *C. S.*

RONGAICH, -IDH, ṙ, *v. n.* (Rong, *s.*) 1. Become lean, meagre, or cadaverous: macer, strigosus, vel cadaverosus fi. *C. S.* 2. Linger, delay, lounge: morare, cessa, moras trahe. *C. S.*

RONGAICHE, *s. f. ind.* (Rongach). 1. Leanness, meagreness: macies. *C. S.* 2. Idleness, laziness: ignavia, socordia. *C. S.*

RONGAIR, -E, -EAN, *s. m.* (Rong, et Fear). 1. A loiterer, a lingerer, an indolent, idle, or listless fellow: cunctator, ignavus quis. *C. S.* 2. A lean meagre, or cadaverous fellow: macilentus, strigosus quis. *C. S.*

RONGAIREACHD, *s. f. ind.* (Rongaìr), 1. A loitering, lingering, delay: cunctatio, mora. *C. S.* 2. Laziness, idleness: ignavia, socordia. *C. S.* 3. Leanness, meagreness: macies, macritudo. *C. S.*

RONGAIS, -E, } -AN, *s. m.* et *coll.* 1. A joining
RONGAS, -AIS, } spar: trabecula. *C. S.* Vide Rong. 2. The timbers, or ribs of a boat: cymbæ costæ. *C. S.* "Maide *rongais*." *C. S.* A small plank nailed across the timbers, or ribs of a boat, near the gunwale, on the inner side. Assula quædam quæ cymbæ costis affigitur e parte interiore, et juxta oram. 3. A staff, or bludgeon: fustis. *A. M'D.* 198.

RONN, -OINN, -AN, *s. m.* Slaver, spittle: sputum, saliva.

"Gob nam poncannan milis,
"Nach faicte silleadh nan *ronn*." *A. M'D.* 55.

The bill of melodious notes, that would not be seen dropping spittle. Rostrum modorum canororum quod non videretur emittens salivam. 2. Any liquor, or drop of liquor of a ropy consistency: liquoris cujusvis glutinosi stillatio. *C. S.*

* RONN, -A, -AN, *s. m.* A chain, bond, or tie: funis, catena, nixus. *O'B.* et *O'R.*

RONNACH, -AICHE, *adj.* (Ronn). 1. Abounding in spittle, or saliva: salivâ abundans. *C. S.* 2. Ropy, viscous, glutinous, having a ropy appearance (of liquors): viscosus viscidus, glutinosus (de liquoribus).

RONNACHADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Ronnaich. 1. Act, or state of slavering, or emitting saliva: salivam ex ore emittendi actus, vel status. *C. S.* 2. State of becoming ropy: viscidus, vel glutinosus fiendi status. *C. S.* 3. Act of rendering viscous, or ropy: viscidum vel glutinosum reddendi actus. *C. S.*

RONNAG, -AIG, -AN, *s. f. Provin.* Vide Reannag.

RONNAGACH, -AICHE, *adj.* (Ronnag). *Provin.* Vide Reannagach.

RONNAICH, -IDH, ṙ, *v. a.* et *n.* (Ronn). 1. Spit, emit saliva: salivam emitte. *C. S.* 2. Become ropy, or viscid: viscidus, vel glutinosus fi (de liquoribus). *C. S.* 3. Make ropy, or viscid: viscidum, vel glutinosum redde. *C. S.*

RONNAIR, -E, -EAN, *s. m.* (Ronn, et Fear), A slavering person: pituitosus quis. *C. S.*

RONNAIREACHD, *s. f.* 1. A discharging of spittle, or saliva: salivæ ex ore emissio. *C. S.*

RONN-CHRAOS, -AOIS, -AN, *s. m.* (Ronn, et Craos), A slavering mouth: os phlegmaticum, vel salivam emittens. *C. S.*

RONN-CHRAOSACH, -AICHE, *adj.* (Ronn-chraos), Emitting spittle: salivam ex ore emittens. *C. S.*

RONN-GHALAR, -AIR, *s. m.* (Ronn, et Galar), Rheumatism: rheumatismus. *Voc.* 26.

RÒP, -AIDH, ṙ, *v. a.* (Ròp, *s.*) 1. Fasten with ropes: funibus constringe. *C. S.* 2. Entangle, ravel: implica. *C. S.*

Ròp, -a, -an, } *s. m.* 1. A rope: funis, vel
Ròpadh, -aidh, -ean, } restis. *Macf. V.* et *B. B. Isai.* v. 18. "Cas-rop." *K. Machen.* 180. A stirrup, or hair rope, used as a stirrup: scamillum equestre pendulum, vel funiculus e villo confectus instar scamilli adhibitus. 2. A collection, or heap of sea-weed floated along for convenience of landing: algæ marinæ cumulus innatans, et sic ad littoris locum idoneum provectus. *N. H.*

Ròpach, -aiche, *adj.* (Ròp). 1. Having ropes, abounding in, or furnished with ropes: funes habens, funibus frequens, vel instructus. *C. S.* 2. Like a rope: funi similis. *C. S.* 3. Abounding in heaps of sea-weed: algæ marinæ cumulis frequens. *N. H.* 4. Slovenly, squalid: spurcus, immundus. *C. S.* 5. Entangled, ravelled: implicatus. *C. S.*

Ròpadair, -e, -ean, *s. m.* (Ròpadh, et Fear), A rope-maker: faber funarius. *O'R.* et *C. S.*

Ròpadh, -aidh, *s. m.* et *pres. part. v.* Ròp. 1. Fastening, act of fastening with ropes: funibus constringendi actus. *C. S.* 2. Act of entangling, or ravelling: implicandi actus. *C. S.*

Ròpag, -aig, -an, *s. f.* (Ròpach, 4.) A slut, a slovenly woman: mulier squalida, immunda. *C. S.*

Ròpaiche, *s. f. ind.* (Ròpach, 4.) Slovenliness: spurcities. *C. S.*

Ròpair, -e, -ean, *s. m.* (Ròpach, et Fear). 1. A sloven: homo squalidus. *C. S.* 2. A fabulist: fabulator. *C. S.*

SIL, -IDH, SH, *v. a.* et *n.* 1. Drop, distill: stilla. "*Silidh* mar an t-uisge mo theagasg." *Deut.* xxxii. 2. My doctrine shall drop as the rain. Stillabit tanquam pluvia mea disciplina. 2. Drop, let fall in drops, cause to drop: stillare fac. "*Shil* thu ñuas uisge gu pailt." *Salm.* lxviii. 9. Thou didst send a plentiful rain. Stillabas pluviam copiosè. 3. Rain: plue. *C. S.*

SIL, -E, -EAN, *s. m.* A drop: gutta. *C. S.*

SILE, -E, -EAN, *s. m.* Spittle, saliva: saliva. "Nach leig thu leam, gus an sluig mi sìos mo *shile?*" *Iob.* vii. 19. Wilt thou not let me alone till I swallow down my spittle? Non deseris me, dum deglutiam meam salivam?

SILEACH, -EICHE, *adj.* (Sile), Spitting, that spits: sputans, salivosus. *C. S.*

SILEACH, -EICHE, *adj.* (Sil). *C. S.* Vide Silteach.

SILEADACH, -AICH, -EAN, *s. m.* (Sile, et Eudach), A pocket-napkin: sudarium in loculo portandum. *C. S.*

SILEADAN, -AIN, -AN, *s. m.* (Sile), A spit-box: capsula ad salivam recipiendum. *C. S.*

SILEADH, -IDH, -EAN, *s. m.* et *pres. part. v.* Sil. 1. A dropping, act, or state of dropping, distilling: stillandi actus, vel status. "Mar shìor-*shileadh* uisge tha aimhreitean mnà." *Gnà.* xix. 13. As a continual dropping (of water) are the contentions of a wife. Ut stillatio continua aquæ sunt jurgia uxoris. "*Sileadh* nan sùl." *Gill.* 3. Tears: lachrymæ. "*Sileadh* na h-oidhche." *S. D.* 43. Dew: ros. "*Sileadh* nan speur." *S. D.* 47. Rain: pluvia.

SILEAG, -EIG, -AN, *s. f. dim.* of Sil, *s.* A little drop: guttula. *C. S.*

SILEAGACH, -AICHE, *adj.* (Sileag), Falling in small, or little drops: guttulis cadens. *C. S.*

SILICH, -IDH, SH, *v. n.* (Sile), Spit, slaver: sputa, salivam ex ore emitte. *C. S.*

SILEACHADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Silich. Spitting, act of spitting, or slavering: sputandi, salivam ex ore emittendi actus. *C. S.*

SÌLEAN, -EIN, -AN, *s. m. dim.* of Sìol. A small grain, the worst part of grain: frumenti granum tenue, vel frumenti viliora grana. "Gidheadh cha tuit an *sìlean* a 's lugha dheth air an talamh." *Am.* ix. 9. Yet shall not the least grain of it fall upon the earth. Tamen non decidet granum quod est minimum ejus in terram.

SÌLICHE, -EAN, *s. m.* A spare, meagre, lean, pithless creature: macilentus quis. *C. S.*

SIL-SHUILEACH, -EICHE, *adj.* (Sil, *v.* et Sùil), Tearful, or watery-eyed, blear-eyed: lippus. *C. S.*

SILT, -E, -EAN, *s. f.* A drop: gutta. *C. S.* 2. An issue: ulcus. *C. S.* 3. Spittle: saliva. *O'B.*

SILTE, *pret. part. v.* Sil. Dropped, distilled: stillatus. *C. S.*

SILTEACH, -EICHE, *adj.* (Sil, *v.*). 1. Dropping, that drops: stillans. *C. S.* 2. Tearful: lachrymosus. *Stew.* 230. 3. Running, as an ulcer: pus emittens, ut ulcus. *C. S.*

SILTEACH, -ICH, -ICHEAN, *s. f.* An issue: ulcus. "Ma dhùinear 'fheòil suas o *shilteach*, is e so a ñeo-ghloine." *Lebh.* xv. 3. If his flesh be stopped from his issue it is his uncleanness. Si obstruxerit se caro (ejus) a profluvio, ejus immunditia illud est.

SILTEACHD, *s. f. ind.* (Silteach). 1. A constant dropping: stillatio continua. *C. S.* 2. An ulcerous habit: ulceribus laborantis status. *C. S.*

SIMID, -E, -EAN, *s. m.* A mallet, a beetle: malleus, tudes. *C. S.*

SIMIDEACH, -EICHE, *adj.* (Simid), Formed like a mallet, or beetle: malleo similis. *C. S.*

SIMILEAR, -EIR, -AN, *s. m.* A chimney: caminus. *Macf. V.*

SIMILEARACH, -AICHE, *adj.* (Similear), Chimnied, having many chimnies: caminis instructus, vel frequens. *C. S.*

SIMLEAG, -EIG, -AN, *s. f.* A silly woman: mulier fatua. *C. S.*

SIMPLIDH, *adj.* Simple, single hearted, artless: integer, simplex.

"'S e choimhdeas daoine *simplidh*, ciùin."
Salm. cxvi. 6.

It is he who preserves simple and meek men. Est ille qui tuetur viros integros, (et) mites. *Wel.* Semil, Symel. *Dav.* *Arm.* Sempl.

SIMPLIDHEACHD, *s. f. ind.* (Simplidh), Simpleness, or singleness of heart, honesty, plainness: probitas, integritas. *C. S.*

SIN, *pron. demons.* That, those: ille, iste, illi, isti.

"Le tulgaibh tuinn air mo ñuasgadh.
"Bha mis' an oidhch' fhuar *sin* gu latha."
S. D. 9.

By the rollings of waves tossed was I that night till morning. A jactationibus undarum jactatus fui ego nocte illa usque ad diem. "Nam fanadh iad *sin* 'n an tosd." *Luc.* xix. 40. If those should hold their peace. Si isti siluerint. "An *sin*." *adv.* Then: tunc, tum. "An *sin* thòisich daoine ri gairm air ainm an Tighearna." *Gen.* iv. 26. Then men began to call on the name of the Lord. Tunc cœperunt homines invocare nomen Domini Dei. "An *sin*." *adv.* There: illic, isthic. "Bithidh an *sin* gal agus giosgan fhiacal." *Mat.* viii. 12. There shall be there weeping and gnashing of teeth. Erit illic fletus et stridor dentium.

SÌN, -E, -IANTAN, *s. f.* *S. D.* 323. Vide Sian, *s.*

SÌN, -IDH, SH, *v. a.* 1. Stretch: tende, extende.

"Gun duine chi, no *shìneas* làmh ri'u."
S. D. 125.

Without a man who will see, or stretch a hand to them. Absque homine, qui videbit aut extendet manum illis. 2. Increase in length, stretch out: longitudine auge, vel augere, extende, vel extendere. *C. S.* 3. Reach a thing to another: exporrige, pertinge rem alicui. *C. S.* 4. Prolong: protrahe, produc. "An ti a dh'fhuathaicheas sannt, *sìnidh* e a làithean. *Gnà.* xxviii. 16. He that hateth covetousness shall prolong his days. Qui odit avaritiam prolongabit suos dies.

SÌN, -IDH, SH, *v. a.* *N. H.* Id. q. Tòisich.

Sine, *gen.* of Sian, q. vide.

Sìne, *gen.* of Sitheann, q. vide.

Sine, -ean, et -eachan, *s. f.* A teat, a dug, a nipple: mamma, mamilla. *Macf. V.*

Sine, *adj. comp.* of Sean. Elder, older, oldest: senior. "Ni esan a 's *sine* seirbhis dha-san a 's òige." *Gen.* xxv. 23. The elder shall serve the younger. Serviet senior (faciet servitutem) juniori.

Sineach, -eiche, *adj.* (Sine, *s.*), Having large dugs: mamillas magnas habens. *C. S.*

Sineachan, *pl.* of Sine, q. vide.

Sinead, -eid, *s. m.* (Sìne, *adj.*) Seniority, degree of seniority: ætatis prærogativa, senectutis gradus. *C. S.* *Lat.* Senatus, Senator.

Sìneadh, -idh, *s. m.* et *pres. part. v.* Sìn, 1. Stretching, act of stretching, extending: extendendi, pandendi actus. "Le do làimh a *shìneadh* a mach chum leighis." *Gnìomh.* iv. 30. By stretching forth thy hand to heal. Manum tuam extendendo ad sanandum. 2. Increasing in length, act of stretching out: longitudine augendi, actus vel status. *C. S.* 3. Act of reaching, or handing a thing to another: aliquid exporrigendi alii actus. *C. S.* 4. Prolonging, act of prolonging, prolongation: protrahendi, producendi actus, prolongatio. *C. S.*

Sìngil, *adj.* *K. Macken.* 114. Vide Simplidh.

Sinn, *pers. pron. pl.* We, us: nos.

"'S e rinn *sinn* 's cha *sinn* féin."

Salm. c. 3.

He hath made us and not we ourselves. Est ille (qui) fecit nos, non autem nos ipsos.

Sinnsear, -ir, -ean, *s. m. coll.* Ancestors, fathers: majores. *C. S.* Id. q. Sinnsir.

Sinn-seanair, -e, -ean, *s. m.* (Sean, et Seanair), A great-grandfather: proavus. *C. S.*

Sinn-sean-mhathair, -ar, -thraichean, *s. f.* (Sean, et Sean-mhathair), A great-grandmother: proavia. *C. S.*

* Sinnsear, -ir, -an, *s. m.* An elder, the eldest: major, vel maximus natu. *Llh. App.*

Sinnsearachd, *s. f. ind.* *C. S.* Vide Sinnsireachd.

Sinnsir, -sre, -e, et -ean et -srean, *s. m. coll.* Ancestors, fathers; seniores, majores.

"Do rinn ar *sinnsir* dhiotsa bun."

Salm. xxii. 4.

Our ancestors made confidence of thee. Confisi sunt tibi majores nostri, *lit.* Fecerunt fiduciam e te.

Sinnsireachd, *s. f. ind.* (Sinnsir). 1. *C. S.* Id. q. Sinnsir. 2. Right of succession: primogeniti jus. *C. S.* 3. Genealogy, account of families: genealogia. *C. S.* 4. Custom of ancestors: majorum mos. *C. S.*

Sinnsre, } -idh, -ean, *s. m.* *C. S.* Vide
Sinnsreadh, } Sinnsir.

Sìnte, *pret. part. v.* Sìn 1. Stretched: tensus, extensus. *S. D.* 97. 2. Increased in length, lengthened: longitudine auctus. *C. S.* 3. Prolonged: prolongatus. *C. S.*

Sìnte, -e, -ean, *s. m.* The traces by which a horse draws the plough: retinacula aratri. *C. S.*

Sìnteach, -eiche, *adj.* (Sin, *v.*) Straight, long, extending far: directus, longipatens. *Macf. V.* et *C. S.*

Sìnteag, -eig, -an, *s. f.* A skip, bound, a pace: saltus, cursitatio, passus. *Macf. V.* et *C. S.*

Sinteagach, -aiche, *adj.* (Sìnteag). 1. Skipping, bounding: saltans. *C. S.* 2. Making long strides, or paces: passus longos faciens. *C. S.*

Sìobadh, -aidh, *s. m.* *C. S.* Vide Siabadh.

Siobag, -aig, -an, *s. f.* A blast of the mouth: flamen. *O'R.*

Sioban, -ain, *s. m.* *C. S.* Vide Sìopunn.

Siobhag, -aig, -an, *s. f.* 1. A straw: straminis culmus. *Macf. V.* 2. The wick of a candle: ellychnium. *MSS.*

Sìobhalta, -ailte, *adj.* Civil, courteous, peaceful, mild: urbanus, blandus, comis, mitis, mansuetus.

"Chunnaic Fionn e 'n a luidh' gu h-ìosal,
"'S làbhair e gu *sìobhalt* ri' a fhearaibh:
"Cha 'n ait le Fionn a nàmh a bhi truagh,
"Ge d' spìon iad o thruaill an claidheamh."

S. D. 97.

Fingal saw him lying low, and he spoke meekly to his heroes: "Fingal rejoices not at his enemy being wretched, though he pulled the sword from his scabbard." Conspexit Fingal illum jacentem demissè, et locutus est blandè suis viris "Non lætum est Fingali suum hostem esse miserum, licet detraxerit ferrum e vagina."

Sìobhaltachd, *ind.* } *s. m.* et *f.* (Sìobalta), Civility,
Sìobhaltas, -ais, } courtesy, peacefulness: urbanitas. *C. S.*

Siobhas, -ais, *s. m.* Rage, madness: furor, insanitas. *Llh.* et *O'B.*

Siobhasach, -aiche, *adj.* (Siobhas), Furious, frantic: vecors, furibundus. *MSS.*

* Siobhraich, -e, -ean, *s. f.* Fairy work, magic, enchantment: incantatio. *MSS.*

* Siobhrag, -aig, -an, *s. f.* A fairy: larva. *O'R.*

Sìochaint, -e, *s. f.* (Sìth, et Cainnt), Peace, peacefulness, quiet, repose: pax, tranquillitas.

"Na sléibhtean àrda bheir a mach,
"*Sìochaint* do 'n t-sluagh gu pailt."

Salm. lxxii. 3.

The lofty mountains will bring forth peace to the people plentifully. Alti montes edent tranquillitatem populo copiosè.

Sìochainteach, -eiche, *adj.* (Sìochaint), Peaceful, tranquil: pacificus, tranquillus. *C. S.*

Sìochair, -e, -ean, *s. m.* (Sithich, et Fear). 1. A dwarf, a fairy-like person: nanus. *C. S.* 2. A contemptible fellow: homo vilis. *O'R.* et *C. S.*

Sìochaireach, -eiche, *adj.* (Sìochair). 1. Dwarfish: nano similis. *C. S.* 2. Contemptible, mean: vilis, abjectus. *C. S.*

Sìochaireachd, *s. f. ind.* (Sìochaireach). 1. Dwarfishness: nani species. *C. S.* 2. Contemptible habits: mores viles, vel abjecti. *C. S.*

Siod, *adv.* *MSS.* Vide Sud

Sìoda, -a, -achan, *s. m.* Silk: sericum

"Gheall mo leannan dhomh gùn de 'n t *sìoda*."

Stew. 340.

My love has promised me a gown of silk. Pro-

missus est meus dilectus mihi togam serici. *Wel.* Sidan. *Dav.* *Fr.* Sere. *Span* et *Basq.* Seda.

Sìodail, -e, *adj.* (Sìoda) Silky: serico similis. *C. S.*

Sìod-chnuimh, -e, -ean, *s. f.* (Sìoda, et Cnuimh), A silk-worm: bombyx. *C. S.*

Sìogach, -aiche, *adj.* 1. Pale, ill-looking, ill-coloured: luridus, malè coloratus. *Macf. V.* 2. Inactive, lazy: piger, ignavus. *Macf. V.*

Siogaid, -e, -ean, } *s. m.* A lean, dwarfish, weak-
Siogaideach, -eich, } ly fellow, a starveling: famelicus, nanus, macilentus quis. *C. S.*

Siogaideach, -eiche, *adj.* (Siogaid), Lean, cadaverous, famished-looking: macilentus, cadaverosus, famelicus. *C. S.*

Sìol, -ìl, *s. m.* 1. Seed of any kind: semen, sensu generali.

" Iadsan a chuir gu deurach *sìol*,
" Gu subhach ùi iad buain."

Salm. cxxvi. 5.

Those who tearfully sowed seed, they shall reap joyfully. Illi qui lachrymantes severunt semen, lætè metientur. 2. Progeny, descendants: proles, liberi, progenies.

" Bidh *sìol* na laigse siubhal sìos,
" Cha 'n fhaic, 's cha 'n iarr iad mu t' uaigh."

Fing. vi. 363.

The race of weakness shall descend downwards; they shall not see, or ask concerning thy grave. Progenies debilitatis descendent deorsùm; nec cernet nec quæret de tuo tumulo. 3. A tribe, or clan: gens, familia. *C. S.* 4. Spawn, or fry of fish: minuti pisciculi. *C. S.* *Wel.* Sil. *Dav.* *Chald.* שיהלא *shihela.* *Hebr.* שיל *schil*, filius.

Sìol-cura, *s. m.* (Sìol, et Cuir, *v.*), Sowing seed, seed to sow: semen serendo utile. *C. S.*

Sìol-ghobach, -aich, *s. f.* (Sìol, et Gob), A sand-eel: ammodytes tobianus. *C. S.*

Siola, -chan, *s. m.* 1. A gill, or gill measure: hemina. *C. S.* 2. Wooden collars for plough horses: helcia. *C. S.* 3. A syllable: syllaba. *O'R.*

* Sìolach, -aich, -an, *s. m.* (Sìol), A seed, offspring, descent: propago, progenies, proles. *MSS.*

Sìolachadh, -aidh, *s. m.* et *pres. part. v.* Sìolaich. 1. Propagating, propagation: propagatio. *C. S.* 2. Increasing in number, multiplying, state of multiplying, or of being multiplied: numero augendi actus, vel status. *C. S.*

Siolachan, *pl.* of Siola, q. vide.

Sìolachan, -ain, -an, *s. m.* (Sìolaidh, *v.*) A strainer, a filter: colum. *Macf. V.*

Sìoladh, -aidh, *s. m.* et *pres. part. v.* Sìolaidh. 1. Subsiding, state of subsiding: subsidendi status. *C. S.* 2. Straining, act of straining, or filtering: colandi, percolandi actus. *C. S.* 3. Sinking, or state of sinking: desidendi status. *C. S.*

Sioladh, -aidh, -ean, *s. m.* A syllable: syllaba. *Macf. V.* *Gr.* Σίλλος.

Sìolag, -aig, -an, *s. f.* *C. S.* Vide Sìol-ghobach.

Sìolag, -aig, -an, *s. f. dim.* of Sìol. A seedling, a small or stinted grain of corn: frumenti granum exiguum, vel repressum. *C. S.*

Sìolagach, -aiche, *adj.* (Sìolag), Abounding in seedlings: frumenti granis exiguis, vel repressis frequens. *C. S.*

Sìolaich, -idh, sh, *v. a.* et *n.* (Sìol), Propagate, multiply, engender: fœtifica, numero auge, vel augere. " *Sìolaichibh*, agus fàsaibh lìonmhor." *Gen.* i. 22. Be fruitful, and multiply. Fœtificate, et augescite.

Sìolaich, -e, -ean, *s. m.* (Sìol). 1. A propagator: propagator. *C. S.* 2. A stallion: equus admissarius. *C. S.*

Sìolaidh, -aidh, sh, *v. a.* et *n.* 1. Subside, settle down: subside. *C. S.* 2. Strain, filter: cola, percola. " A chinn-iùil dhalla, a *shìolaidheas* a' mhìn-chuileag, agus a shluigeas an càmhal." *Mat.* xxiii. 24. Ye blind guides, who strain at a gnat, and swallow a camel. Duces cæci, qui percolatis culicem, autem deglutitis camelum. 3. Sink: deside. *C. S.*

Siolc, -aidh, sh, *v. a.* 1. Snatch, pilfer, seize upon: rape, surripe. *C. S.* 2. Wink: nicta. *C. S.*

Siolcach, -aiche, *adj.* (Siolc). 1. Snatching, pilfering, seizing upon: rapiens, surripiens. *C. S.* 2. Winking: nictans. *C. S.*

Siolcadh, -aidh, *s. m.* et *pret. part. v.* Siolc. 1. Snatching, act of snatching, pilfering, seizing upon: rapiendi, surripiendi actus. *C. S.* 2. Twinkling, act of twinkling, at winkling: nictandi actus, nictatio. *C. S.*

Siolcair, -e, -ean, *s. m.* (Siolc, et Fear), A rogue, a light fingered fellow: surreptor, qui surripit. *C. S.*

Siolcaireachd, *s. f. ind.* (Siolcair), Petty theft: latrocinium. *C. S.*

Sìol-chonlach, -aich, *s. f.* (Sìol, et Conlach), Fodder, straw: pabulum. *C. S.*

Sìol-chuir, -idh, sh, *v. a.* (Sìol, et Cuir), Sow seed: semina. " An ti a *shìol-chuireas* eu-ceart, buainidh e dìomhanas." *Gnà.* xxii. 8. He that soweth iniquity shall reap vanity. Qui seminat iniquitatem metet molestiam.

Sìol-chuirte, *pret. part. v.* (Sìol-chuir), Sown: seminatus. *C. S.*

Siol-chur, -a, *s. m.* et *pres. part. v.* Sìol-chuir, A sowing of seed, act of sowing seed: seminandi actus. *C. S.*

Sìol-cur, -Sìl-cura, *s. m.* (Sìol, et Cuir, *v.*), Seed for sowing: semen serendo idoneus. *C. S.*

Siolgach, -aiche, *adj.* Lazy, spiritless, sorry, pitiful, dwarfish: ignavus, desidiosus, pygmæus. *C. S.*

Siolgair, -e, -ean, *s. m.* (Siolgach, et Fear), A spiritless, mean, pitiful sluggard: homo piger, iners, torpidus. *C. S.*

Siolgaireachd, *s. f. ind.* (Siolgair), Inactivity, tardiness, meanness: ignavia, desidia, pigritia. *C. S.*

Siolladh, -aidh, -aidhean, *s. m.* A syllable: syllaba. *A. M'D.* 20.

Siolman, -ain, -an, *s. m.* A seedling, refuse of corn: frumenti excretum. *Macf. V.*

Sìolmhor, -oire, *adj.* (Sìol, et Mòr), Prolific, seed-bearing, fertile: uber, fœcundus. *Macf. V.*

Sìolmhorachd, *s. f. ind.* (Sìolmhor), Fertility: ubertas. *C. S.*

Sìolta, -a, -aidhean, *s. f.* A teal, small wild duck: anas crecca. *C. S.*

Sìoltachan, -ain, -an, *s. m.* *C. S.* Vide Sìolachan.

Sìoltachd, *s. f. ind.* (Sìol), Propagation, the multiplying of a stock: propagatio, bonorum auctio. *C.S.*

Sioltaich, -e, -ean, *s. m.* 1. *C. S.* Vide Sìolaich. 2. Name of a bird, the red breasted goosander: mergus serrator. *C. S.*

Siomaid, -e, -ean, *s. m.* *C. S.* Vide Simid.

Sìoman, -ain, -an, *s. m.* A rope, or cord, usually made of twisted straw, or heather: funis stramineus, vel ericeus. *C. S.* *Scot.* Sowm.

Siomlach, -aich, -ean, *s. m.* et *f.* 1. A cow that gives the milk without the calf: vacca lac præbens vitulo non sugente, vel adstante. *C. S.* 2. A silly, stupid fellow: insulsus hebesque quis. *Turn.* 359.

Sìon, *s. m. ind.* Something, any thing: aliquid.
" Cha 'n'eil *sion.*" *C. S.* There is nothing: nihil est.

Sion, -ìne, -ntan. *S. D.* 250. Vide Sian, *s.*

Sionadh, -aidh, -an, *s. m.* A lord: dominus.
" Eirich-sa *shionaidh* nan tonn."
Fing. i. 341.
Arise, thou lord of the waves. Surge, tu domine undarum.

* Siongailte, *adj.* *MSS.* Vide Singilte.

Sionn, *adv.* *Stew.* 263. Vide Sin, *adv.*

Sionnach, -aich, *s. m.* A fox: vulpis.
" Mar chuibhrionn do na *sionnachaibh*
" Do ṅithear iad le tàir." *Salm.* lxiii. 10.
As a portion to the foxes they shall be made with disgrace. Sicut portio vulpibus fient dedecore.

* Sionnach, -aich, *s. m.* A tub, or kieve: vas ligneum. *O'R.*

Sionnach, -aich, -ean, *s. f.* The reed of a bagpipe: tibiæ utricularis calamus. *C. S.* " Pìob *shionnaich.*" The small bagpipe: tibia utricularis minor.

* Sionnsa, -an, *s. m.* A censer: thuribulum. *Bibl. Gloss.*

Sionnsar, -air, -an, *s. m.* A bagpipe chanter: tibiæ utricularis calamus. *C. S.*

Sionnsarach, -aiche, *adj.* (Sionnsar), Furnished with chanters: symphoniacus. *C. S.*

Sìopunn, -uinn, *s. m.* Soap: smegma, sapo. " Ged ghabh thu mòran *sìopuinn.*" *Ierem.* ii. 22. Though thou take much soap. Licet adhibeas plurimum smegmatis. *Wel.* Sebon. *Dav.* *Fr.* Savon. *Span.* Sebo. *Basq.* Seboa. *Gr.* Σήπων. *Chald.* שפון *shupon.* *Arab.* شبون *shabun.*

Sìopunnach, -aiche, *adj.* (Sìopunn). 1. Abounding in soap, of soap: smegmate abundans, smegmaticus. *C. S.* 2. Like soap: smegmati similis. *C. S.*

Sìor, *adj.* Continual, long, perpetual: perpetuus.
" Gu *sìor.*" *adv.* For ever: perpetuo.
" Do chaithir rìoghail togam suas;
" O linn gu linn gu *sìor.*"
Salm. lxxxix. 4.
Thy kingly throne I will raise up, from generation to generation for ever. Tuum solium regium elevabo à seculo in seculum semper.

Sìor-atharrach, -aiche, *adj.* (Sìor, et Atharrach), Variable, inconstant: inconstans, variabilis. *C. S.*

Sìor-bhuanas, -ais, *s. m.* (Sìor, et Buan), Perseverance: constantia perpetua. *C. S.*

Sìor-bhualadh, -aidh, *s. m.* (Sìor et Bualadh), A continual beating: pulsatio perpetua. *C. S.*

Sìor-chainnteach, -eiche, *adj.* (Sìor, et Cainnt), Prattling; loquax. *Llh.* et *C. S.*

Sìor-chainnteach, -eich, *s. m.* (Sìor, et Cainnt), A babbler, a constant talker: blatero, garrulus quis. *C. S.*

Sìor-chleachdadh, -aidh, -ean, *s. m.* (Sìor, et Cleachdadh), A constant habit, regular exercise: mos continuus, consuetudo. *C. S.*

Sìor-ghnàth, *s. m.* (Sìor, et Gnàth), Continual use: usus perpetuus. *C. S.*

Sìor-ghnàthaich, -idh, sh, *v. a.* (Sìor, et Gnàthach), Use much, or often: perpetuò utere. *O'R.* et *C. S.*

Sìor-iarraidh, *s. f.* (Sìor, et Iarraidh), Importunity: solicitatio. *O'R* et *C. S.*

Sìor-iarrtach, -aiche, *adj.* Importunate: solicitus. *C.* S.

Siorradh, -aidh, -aidhean, *s. m.* 1. A deviation, excursion: excursio. *C. S.* 2. An onset, an attack: impetus. *C. S.*

Sìorraimh, } -ean, et -an, *s. f.* A sheriff:
Siorram, -aim, } vicecomes. *C. S.*

Siorramachd, *s. f. ind.* (Siorram), A sheriffdom, a county: vicecomitatus. *Macf. V.*

Sìorruidh, *adj.* (Sìor et Ruith), Eternal: æternus " Rinneadh e 'na ùghdar slàinte *shìorruidh* dhoibhsan uile a bhios ùmhal dha." *Eabhr.* v. 9. He became the author of eternal salvation to all them that obey him. Factus est auctor salutis eternæ illis omnibus qui erint obedientes illi. " Gu sìorruidh." *adv.* *Salm* x. 16. For ever, eternally: in perpetuum.

Sìorruidheachd, *s. f. ind.* (Sìorruidh), Eternity: æternitas. " Mar so deir an ti an Ti àrd agus uasal, do 'n àit-còmhnuidh *sìorruidheachd.*" *Isai.* lvii. 15. Thus saith the high and lofty One, whose dwelling is eternity. Sic ait sublimis et elatus, cui habitatio est æternitas.

Sìos, *adv.* Down, downwards: deorsum. " O imeachd mu 'n cuairt air an talamh, agus o shiubhal *sìos* agus suas air." *Iob.* i. 7. From going to and fro in the earth, and from walking up and down in it. A peregrinando terram, et a perambulando sursum et deorsum supra eam.

Siosar, -air, -an, *s. m.* A pair of scissors, shears: forfex. *Macf.* " Siosar chaorach." *C. S.* Sheep shears: forfex.

Siosarach, -aiche, *adj.* (Siosar), Sharp as scissors: acutus ut forfex. *C. S.*

Sìoth-chaint, -e, *s. f.* *MSS.* Vide Sìo-chainnt.

SIR, -IDH, -SH, *v. a.* 1. Seek, search: explora, investiga, perscruta. 2. Seek, ask, request: pete, quære.

" Innis do Dhuaran imeachd:
" Na *sireadh* e nighean Mhorain."

S. D. 147.

Tell Duaran to depart; let him not ask the daughter of Moran. Dic Duarano discedere; ne petat filiam Morani.

SIREACHD *s. f. ind.* et *pres. part. v.* Sir. *Gill.* 78. Vide Sireadh.

SIREADH, -IDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Sir. 1. Searching, act of searching: explorandi, perscrutandi actus. *C. S.* 2. Seeking, act of seeking, requesting, demanding: petendi, quærendi actus. *C. S.*

SIRIS, SIRIST, -EAN, *s. f.* A cherry: cerasus. *C. S.*

SIRISTEACH, -EICHE, *adj.* (Sirist). 1. Abounding in cherries: cerasis frequens. *C. S.* 2. Like a cherry: ceraso similis. *C. S.*

SITEAG, -EIG, -AN, *s. f.* A dung-hill: sterquilinium. *A. M'D.* 182.

SÌTH, -E, -EAN, *s. m.* 1. A hill, or mount: collis, mons. *C. S.* 2. A prefix in many names of hills: nominibus montium sæpe præfigitur "*Sìth.*" *C. S.*

SÌTH, -E, -EAN, *s. m.* et *f.* A fairy: lamia. *Llh.* " Leannan-sìth." *Lebh.* xix. 31. A familiar spirit: python.

SÌTH, -E, *s. f.* 1. Peace: pax.

" Bu chosmhuil e 'n *sìth* ri gathaibh gréine,
" 'S am boile chatha, ri teine speuran."

S. D. 340.

Like was he in peace to the sun-beams, and in the rage of battle to lightning. Fuit similis in pace radiis solis, et in furore certaminis fulmini, *lit.* igni cœlorum. 2. Quietness, tranquillity: tranquillitas. *C. S.* 3. Reconciliation: conciliatio. *C. S. Scot.* Sithe. *Jam. Germ.* Sippe. *Wacht. Gr.* Σιγή, silentium.

SITH, -E, -EAN, *s. m.* A stride, a long and quick pace: passus, gressus, gressus sparsus et agilis. *C. S.*

SÌTH-AIGNEACH, -EICHE, *adj.* (Sìth, et Aigneadh), Peaceable, conciliatory: pacificus. *C. S.*

SÌTH-BHREITHEAMH, -EIMH, -AN, *s. m.* (Sìth, et Breitheamh), A justice of the peace: judex quidam, pacis curator. *Macf. V.*

SITH-BHRISTEACH, -ICH, -ICHEAN, *s. m.* (Sìth, et Brist), A rebel: rebellis. *O'B.* et *C. S.*

SÌTH-BHRUGH, SÌTH-BHRUTH, -A, -AN, *s. m.* (Sìth, et Brugh), A Fairy-hill, or mansion: lamiarum habitatio. *O'R.* et *C. S.*

SÌTHCHE, -E, -EAN, *s. m. C. S.* Vide Sìthich.

SÌTHCHEAN, *pl.* of Sìthich, q. vide.

SITHEACH, -EICHE, *adj.* (Sith), 1. Making long and quick strides, or paces: passibus sparsis et celeribus incedens. *C. S.* 2. Rushing impetuously, making a violent assault: velocitate irruens, impetum vehementem faciens. *C. S.*

SÌTHEACHADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Sìthich. Pacifying, act of pacifying: placandi, sedandi actus. *C. S.*

SITHEADH, -IDH, -EAN, *s. m.* Force, impetuosity, a violent attack, or onset: vis, aggressio, vehemens impetus. *Salm.* xxii. 13.

SÌTHEALACHD, *s. f. ind.* (Sìtheil() Peacefulness: concordia. *C. S.*

SÌTHEAN, -EIN, -AN, *s. m.* 1. A little hill, a knoll: colliculus. *C. S.* 2. A green knoll, or hill in which fairies are supposed to reside: colliculus viridis quam lamiæ incolunt. *Macf. V.* et *C. S.*

SÌTHEANACH, -AICHE, *adj.* (Sìthean), Abounding in little hills, or knolls: colliculis frequens. *C. S.*

SÌTHEIL, -E, *adj.* (Sìth), Peaceful, tranquil, silent: tranquillus. *C. S.*

SÌTHICH, -IDH, SH, *v. a.* (Sìth), Pacify, reconcile, quiet: pacifica, concilia, seda. *C. S.*

SÌTHICHTE, *pret. part. v.* Sìthich. Pacified, reconciled, quieted: conciliatus, pacificatus, sedatus. *C. S.*

SITHIONN, -INN, et -ITHNE, *s. f.* Venison: caro ferina.

" Ceud a' cosgairt na *sithinn* gu luath,
" Chiteadh ceò mu 'n cuairt is fleagh."

Fing. i. 511.

A hundred (men) cutting up the venison quickly; smoke and feasting might be seen around. Centum cædentes ferinam celeriter; visa essent vapor circacircum et convivium.

SITHIONNACH, -AICHE. *adj.* (Sithionn). 1. Abounding in venison: ferinâ abundans. *C. S.* 2. Like venison: ferinæ similis. *C. S.*

SÌTH-MHAOR, -AOIR, -AN, *s. m.* (Sìth, et Maor). 1. A herald, pursuivant: præco. *C. S.* 2. A constable: irenarcha, constabularius. *Macf. V.*

SITHNE, *gen.* of Sithionn, or Sitheann, q. vide.

SÌTH-SHAIMH, -E, *s. f.* (Sìth, et Tàmh), Peace, peacefulness, quiet, tranquillity: otium, tranquillitas.

" An *sìth-shàimh* luidhidh mi faraon."

Salm. iv. 8.

In tranquillity I will also lie down. Cum tranquillitate recubabo etiam.

SÌTH-SHAIMHEACH, -EICHE, *adj.* (Sìth-shàimh), Tranquil, peaceful: tranquillus, otiosus. *C. S.*

SITIG, -E, -EAN, *s. f.* A rafter, or stick laid across that part of a kiln on which corn is kiln-dried: sudes in eam partem fornacis, supra quam exsiccatur frumentum. *C. S.*

SITINN, -E, -EAN, *s. f. C. S.* Id. q. Sitig.

SITIR, -E, *s. f.* The neighing of a horse: hinnitus. *C. S.* An obstreperous laugh: cachinnatio. *C. S.*

SITIREACH, SITREACH, -EICHE, *adj.* (Sitir), Neighing: hinnitum edens. *C. S.*

SITIRICH, SITRICH, *s. f. ind.* A neighing: hinnitus. " Roimh *sitrich* 'eacha meamnach chriothnaich am fearann uile." *Ierem.* viii. 16. At the sound of the neighing of (his) high-spirited horses, the whole land trembled. Apud strepitum hinnitûs (ejus) equorum robustorum contremescit terra tota.

SIUBHAIL, -BHLAIDH, SH, *v. a.* et *n.* 1. Go, move, walk: i, progredere, proficiscere.

" *Siubhlaidh* sinn le 'n anam do 'n àraich,
" 'S thig crith 'n ar làth'r air na treun-fhir."

S. D. 86

We will accompany their souls (soul) to the field of

battle, and the brave shall tremble in our presence. Progrediemur cum eorum animis ad certaminis campum, et veniet tremor in nostrâ præsentiâ supra strenuos viros (istos). *C. S.* 2. Depart, set off: abi, discede. *C. S.* 3. Die: morere. "*Shiubhail* e." *C. S.* He is dead, he has died. Mortuus est. 4. Pass over, traverse: perambula, peregrina.

"*Shiubhail* mi fearann nan Gàidheal."

Stew. 115.

I traversed the country of Highlanders. Perambulavi terram Monticularum.

SIUBHAL, -AIL, *pl.* SIÙBHLAICHEAN, *s. m.* et *pres. part. v.* Siubhail. 1. Moving, act of moving, walking: eundi, progrediendi, proficiscendi actus. *C. S.* 2. Departing, act of departing, or setting off: abeundi, discedendi actus. *C. S.* 3. Dying, act, or state of dying: moriendi actus, vel status. *C. S.* 4. Traversing, act of traversing, or travelling: perambulandi, peregrinandi actus. *C. S.* 5. Motion, progress: motus, progressus.

"Mar *shiubhal* saighd' air a sgiathaibh glas,
"Dhìrich gu grad an laoch."

S. D. 103.

As the motion of an arrow on its grey wings, the hero quickly ascended. Sicut motus sagittæ per ejus alas fuscas ascendit celeriter heros. 6. A march, a journey: iter. *C. S.* 7. A turn, or course: vicissitudo. *C. S.* 8. The second, or quicker part of a tune in bag-pipe music: in tibiæ utricularis musicâ ea pars carminis quæ secundò et properantiùs tibicen modulatur. *C. S.* 9. *pl.* Variations of a tune: numerorum musicorum modulationes, vel variationes. 10. Ruin, extinction, destruction: interritus, exitium. "Bithidh na h-eileanan a ta 's an fhairge fo bhuaireadh air son do *shiubhail*." *Esec.* xxvi. 18. The isles that are in the sea shall be troubled at thy destruction. Erint insulæ quæ sunt in oceano sub perturbatione ad tuum exitium. "Gille 'n t-*siubhail*." A man of expedition, or quick movements: vir agilis. "Biadh *siubhail*." Provision for a journey: viaticum. "Fear-*siubhail*." A traveller: viator. *Fing.* ii. 156. 11. A dysentery, or diarrhœa: diarrhœa. *C. S.* "*Siubhal*-fola." *Mat.* ix. 20. A bloody flux: sanguinis profluvium. *C. S.*

* Siubhas, } *adv.* Before: antequam. "*Siubhas*
* Siubhios, } abuidh." Before it is ripe: antequam maturus est. *Llh.*

SIUBHLA, -A, *gen.* of Siubhal, q. vide. Used only when applied thus; "Luidhe-siubhla," et "Leaba-shiubhla." Confinement at, or after child-birth: puerperii dolores. *C. S.*

SIUBHLACH, -AICH, -AICHEAN, *s. m.* et *f.* A vagrant man, or woman: homo, vel mulier vagans. *C. S.*

SIUBHLAICHEAN, *pl.* of Siubhal, q. vide.

SIÙBHLACH, -AICHE, *adj.* (Siubhal). 1. Swift, speedy, nimble: celer, velox, expeditus. *C. S.* 2. Fleeting, speedily passing away: caducus, fluxus, fugax. *C. S.* 3. Wandering, fond of wandering: vagans, vagandi cupidus. *C. S.* 4. Fluent: eloquens, disertus. *C. S.* et *MSS.*

SIÙBHLACHAN, -AIN, -AN, *s. m.* (Siùbhlach). 1. A traveller: viator. *C. S.* 2. One fond of travelling, or wandering: peregrinandi, vel vagandi cupidus quis. *C. S.* 3. A stream, a rivulet: flumen, rivulus. *MSS.* et *C. S.*

SIÙBHLACHAS, -AIS, *s. m.* (Siùbhlach). 1. Swiftness, speed, nimbleness: celeritas, velocitas, agilitas. *C. S.* 2. A habit of travelling, or wandering: peregrinandi, vel vagandi consuetudo. *C. S.* 3. Fluency, eloquence: eloquentia. *C. S.*

SIÙBHLAIDEACH, -EICHE, *adj.* (Siùbhal). *K. Mackenz.* 133. Vide Siùbhlach.

SIÙBHLAIDEACHD, *s. f. ind.* (Siùbhlaideach). *K. Mackenz.* 54. Vide Siùbhlachas.

SIUC, *interj.* A word by which horses are called: vox quâ equi compellantur.

* Siuc, -a, *adj.* Dry, parched: aridus, siccus. *O'R. Wel.* Sicu. *Dav.*

SIÙCAR, -AIR, *s. m.* Sugar: saccharum. *C. S. Wel.* Siuvgr. *Gr.* Σακχαρ. *Scot.* Succar. *Fr.* Sucre. *Arab.* شاقارن *sacaron. Pers.* شكر *shukur.*

SIÙCARACH, -AICHE, *adj.* (Siùcar). 1. Abounding in sugar: saccharo abundans. *C. S.* 2. Like sugar, sweet like sugar: saccharo similis. *C. S.*

SIÙD, -AIDH, SH, *v. a.* Swing, rock to sleep: agita, vacilla. *C. S. Scot.* Showd

SIÙDADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Siùd. Swinging, act of swinging, or rocking: agitandi, vacillandi actus. *C. S.*

SIÙDAGAIN, -IDH, SH, *v. a. C. S.* Id. q. Siùd.

SIÙDAGAN, -AIN, AN, *s. m.* et *pres. part. v.* Siùdagan. *C. S.* Vide Siùdan, et Siùdadh.

SIÙDAGANACH, -AICHE, *adj.* (Siùdagan). *C. S.* Vide Siùdanach.

SIÙDAIN, -IDH, SH, *v. a. Macf. V.* Vide Siùd.

SIÙDAN, -AIN, -AN, *s. m.* 1. A swinging, rocking, or vibrating: agitatio, vacillatio, vibratio. *C. S.* 2. A swing: funis quo quis se jactat. *C. S.* "Slat shiùdain." *C. S.* A pendulum: pendulum. *Scot.* Showd. *Jam.*

SIÙIL, *gen.* et *pl.* of Seòl, q. vide.

SIUNAS, -AIS, *s. m.* Lovage: ligusticum Scoticum. *Lightf.* et *C. S.*

SIUNNSAR, -AIR, -AN, *s. m.* A bagpipe chanter: tibiæ utricularis fistula quâ tibicen modulatur. *C. S.*

SIUNNSARACH, -AICHE, *adj.* (Siunnsar), Furnished with chanters: tibiæ utricularis fistulis instructus. *C. S.*

SÌUP, -A, -AN, *s. m.* A tail, or appendage: syrma. *C. S.*

SÌUPACH, *adj.* Having a foolish train, or appendage: syrmaticus. *C. S.*

SIÙRSACH, -AICH, -AICHEAN, *s. f.* A whore, a strumpet: scortum. *Macf. V.*

SIÙRSACHD, } *s. f. ind.* (Siursach), Whore-
SIÙRSAIDHEACHD, } dom: stuprum, stuprorum consuetudo. *C. S.*

SIÙRTACH, -AICH, -EAN, *s. f.* *C. S.* Id. q. Siùrsach.

SIUTHAD, *v. def.* Say away, begin, go on: dic, perge, age. *C. S. pl.* "Siuthadaibh." Begin ye: agite, pergite. *C. S.*

SLABHAG, -AIG, -AN, *s. f.* The pith of a horn: cornu medulla. *C. S.*

SLABHGAN, -AIN, *s. m.* A kind of reddish seaweed: navel laver. *Lightf.* Ulva umbilicalis. *Linn. C. S. Scot.* Slaik, Slake, Sleegh, et Sloke. *Jam.*

SLABHRAIDH, -E, -EAN, *s. f.* SLABHRUIDH, 1. A chain: torques. "Cuirear *slabhruidh* òir m' a mhuineal." *Dan.* v. 7. A golden chain shall be put about his neck. Inducetur torques aureus circa ejus collum. 2. A pot-hanger: harpago culinarius. *C. S.* "Obair-*shlabhruidh*." *C. S.* Chain-work: opus catenarium.

SLABHRUIDHEACH, -EICHE, *adj.* (Slabhruidh), Furnished with chains: torquibus instructus. *C. S.*

SLACAN, -AIN, -AN, *s. m.* *C. S.* Vide Slachdan.

SLACHD, -AIDH, SHL, *v. a.* 1. Thresh, beat with a mallet: flagella, mallea. *C. S.* 2. Dash against: tunde, allide, illide. *C. S.* *Germ.* Schlagen. *Wacht.* *A. Sax.* Slaegan.

SLACHDADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Slachd. 1. Threshing, act of threshing, or beating as with a mallet: flagellandi, sicut malleo tundendi actus. *C. S.* 2. Dashing, act of dashing against: allidendi, illidendi, incutiendi actus.

"A thartar mar thuinn a' *slachdadh* sgeire."
S. D. 107.

His noise as waves dashing against a sea-rock. Ejus strepitus sicut undæ allidentes scopulum. 3. Slaughtering, act of slaughtering: cædendi, mactandi actus. "Tigh *slachdaidh*." *C. S.* A slaughter-house: laniena. *C. S.*

SLACHDAIR, -E, -EAN, *s. m.* (Slachd, et Fear). 1. A thresher, one that beats with a mallet, or beetle: flagellator, malleator. *O'R.* et *C. S.* 2. A slaughterer: qui mactat, vel cædit. *C. S.*

SLACHDAIREACHD, *s. f. ind.* (Slachdair). 1. Threshing, beating, noise of hard labour: verberatio, flagellatio, duri laboris strepitus continuus. *C. S.* 2. A constant dashing of one thing against another: rei cujusvis in aliam illisio continua. *C. S.* 3. A slaughtering, business of slaughtering: mactatio, mactandi occupatio. *C. S.*

SLACHDAN, -AIN, -AN, *s. m.* (Slachd). 1. A beetle, or mallet: malleus. *Macf. V.* "*Slachdan*-draoidheachd." *Macf. V.* A magical rod: virga magica. 2. A block of wood, or any weight tied to an animal to prevent its escape: stipes, aut res aliqua ponderosa animali silvestri, vel feræ vinctus quo cohibetur. 3. An impediment, or drawback: impedimentum. *C. S.*

SLACHDRAICH, -E, *s. f.* *A. M'D.* 63. Vide Slachdaireachd.

SLACHDTA, *pret. part. v.* Slachd. 1. Beaten with a mallet, or beetle: malleatus. *C. S.* 2. Dashed against: allisus, illisus. *C. S.* 3. Slaughtered: mactatus. *C. S.*

SLAD, -AID, *s. m.* 1. Theft, robbery: furtum, latrocinium. *C. S.* 2. Plunder, booty: præda. *C. S.*

SLAD, -AIDH, SHL, *v. a.* (Slad, *s.*), Steal, rob, plunder: furare, latrocinare, prædare.

"Ghoid i uam mo chridh',
"'S *shlad* i uam mo chlì,
"'S cuiridh si do 'n chill fo na fòdaibh mi."
A. M'D. 30.

She has stolen from me my heart, she has robbed me of my vigour; and she will send me to the grave beneath the sods. Furata est a me meum cor, et latrocinata est a me meas vires, et mittet in sepulchrum subter cespites me.

SLADACH, -AICHE, *adj.* (Slad), Robbing, that robs, steals, or plunders: latrocinans, furans, spolians. *C. S.*

SLADACHD, *s. f. ind.* (Sladach), Theft, robbery, plunder: furtum, latrocinium, spoliatio. *R. M'D.* 119.

SLADADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Slad. Stealing, act of stealing, robbing, or plundering: furandi, latrocinandi, spoliandi actus. *C. S.*

SLADAICHE, -EAN, *s. m.* (Slad). *C. S.* Id. q. SLADAIDH, Slaidear.

SLADAIDHEACHD, *s. f. ind.* (Sladaidh). *C. S.* Vide Sladachd.

SLADHAG, -AIG, -AN, *s. f.* A sheaf of straw prepared for the purpose of thatching: fascis straminea ad tectum tegendum comparata. *C. S.*

* Slad-mharbh, -aidh, shl, *v. a.* (Slad, et Marbh), Rob and murder on the highway: latrocinare et trucida in via publica. *Llh.*

SLAD-MHORTADH, -AIDH, *s. m.* (Slad, et Mort), Robbery and murder: latrocinium et cædes. *Macf. V.*

SLAD-MHORTAIR, -E, -EAN, *s. m.* (Slad-mhortadh, et Fear), A robber who commits murder: latro qui cædit. *C. S.*

SLADTA, *pret. part. v.* Slad. Robbed, stolen, or plundered: expilatus, furto abductus, vel spoliatus. *C. S.*

SLÀIB, -E, *s. f.* Mire, sediment of water, filth, dirt: lutum, cœnum, fæx, sedimentum. *Macf. V.*

SLÀIBEACH, -EICHE, *adj.* (Slàib), SLÀIBEIL, -E, Miry, filthy, dirty: cœnosus, lutosus, spurcus. *C. S.*

SLAID, -E, -EAN, *s. f.* *C. S.* Id. q. Slad, *s.*

SLAID, -E, -EAN, *s. f.* A munificent gift, or present: donum munificum. "Si thug an t-*slaid* dhuit." *C. S.* She has given you a rich present. Donum splendidum illa præbuit tibi.

SLAID, -IDH, SHL, *v. a.* *O'R.* et *C. S.* Vide Slad, *v.*

SLAIDEAR, -IR, -AN, *s. m.* (Slad, et Fear), A robber, thief, or plunderer: latro, fur, direptor. "Ma ghineas e mac a bhios 'n a *shlaidear*." *Esec.* xviii. 10. If he beget a son that is a robber. Si generit filium qui est (erit) latro.

SLAIDEARACHD, *s. f. ind.* (Slaidear). *C. S.* Vide Sladachd.

SLAIGHT, -E, *s. f.* Roguery, villainy: scelus, improbitas, nequitia, fraus. *Macf. V.* et *C. S.*

SLAIGHTEAR, -IR, -AN, *s. m.* (Slaight, et Fear), A rogue, a rascal, a knave: nebulo. *C. S.*

SLAIGHTEARACH, -AICHE, *adj.* (Slaightear), Knavish, roguish: improbus, pravus. *Llh.* et *C. S.*

SLAIGHTEARACHD, *s. f. ind.* (Slaightearach), Roguery, dishonesty, thievery: nequitia, fraus. *C. S.*

SLAIM, -E, -EAN, or -EANNAN, *s. f.* 1. Great booty: ingens præda. *Macf. V.* 2. A heap: congeries. *Macf. V.* 3. Riches: divitiæ. *C. S.* *Scot.* Slam, Slammach. *Jam.*

SLÀINE, *adj. compar.* of Slàn, *adj.* q. vide.

SLÀINTE, *s. f. ind.* (Slàn), 1. Health: valetudo, corporis sanitas. "Mar chìr-mheala tha briathra taitneach, milis do 'n anam, agus 'n an *slàinte* do na cnàmhaibh." *Gnà.* xvi. 24. Pleasant words are as an honeycomb, sweet to the soul, and health to the bones. Ut favus mellis sunt voces amœnæ, dulces animo, et sanitas ossibus. 2. Salvation: salus æterna. " A chionn gu 'n do dhì-chuimhnich thu Dia do *shlàinte*." *Isài.* xvii. 18. Because thou hast forgotten the God of thy salvation. Quia oblita es Dei tuæ salutis (æternæ). 3. A toast, i. e. " Deoch *slàinte*." *C. S.* Potationis vox in salutem alicujus. " Air bhur *slàinte*." *C. S.* To your good health. In tuam salutem poto.

SLÀINTEACH, -EICHE, *adj.* (Slàinte). *C. S.* Vide Slàinteil.

SLÀINTEALACHD, *s. f. ind.* (Slàinteil), Healthiness: sanitas. *C. S.*

SLÀINTEIL, -E, *adj.* (Slàinte). 1. Healthy, in good health: sanus, valens. *C. S.* 2. Healthy, bringing health: salutiferus. *C. S.*

SLAIS, -IDH, SHL, *v. a.* Lash, whip: flagella, verbera. *C. S.* 2. Splice a rope: funium duarum fines inter se texe. *C. S.*

SLAISEADH, -IDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Slais. Lashing, act of lashing, whipping: verberandi, flagellandi actus. *C. S.* 2. Splicing, act of splicing: funium duarum fines inter sese texendi actus. *C.S.*

SLAISICH, SLAISNICH, -IDH, SHL. *v. a.* *C. S.* Id. q. Slais.

SLAISICHTE, SLAISNICHTE, SLAISTE, *pret. part. v.* Slais, et Slaisich. 1. Whipped, lashed: verberatus, flagellatus. *C. S.* 2. Spliced: inter sese textus, de funium finibus. *C. S.*

SLAM, -AIM, -AN, *s. m.* 1. A lock of hair: cirrus. *O'R.* 2. A lock of wool: floccus. *O'R.*

SLAMAG, -AIG, -AN, *s. f.* 1. A little lock of hair: cirrulus. *A. M'D.* 32. 2. A small lock of wool: flocculus lanæ. *C. S.* 3. Id. q. Slaman, 2.

SLAMAGACH, -AICHE, *adj.* (Slamag). 1. Curled, in small locks: cirrulis contortus. *C. S.* 2. *C. S.* Vide Slamanach.

SLAMAN, -AIN, *s. m.* 1. Curdled milk, milk in the act of curdling: lac coagulatum. *C. S.* 2. Any flabby substance: res uvida quævis. *C. S.*

SLAMANACH, -AICHE, *adj.* (Slaman). 1. Flabby: uvida. *C. S.* 2. Abounding in, or like curdled milk: lacte coagulato abundans, vel lacti coagulato similis. *C. S.*

* Slamhan, -ain, -an, *s. m.* An elm-tree: ulmus. *O'R.*

SLÀN, -ÀINE, *adj.* 1. Healthy, in good health: sanus corpore. " Am bheil thu *slàn*, a bhràthair?" 2 *Sam.* xx. 9. "Art thou in health, brother? Esne sanus corpore, frater? 2. Sound, unhurt, uninjured: intiger, minimè læsus.

" A mhic Morna, *slàn* gu m' pill thu!"
S. D. 51.

Son of Morna, sound mayest thou return! Fili Mornæ, integer redeas! 3. Whole, unbroken: integer, minimè fractus. *C. S.* " *Slàn* leat." *C. S.* Farewell, fare thee well: vale.

SLÀN-LUS, -AIS, *s. m.* (Slàn, et Lus), Rib-wort: plantago. *Lightf.* et *Macf. V.*

SLÀNUCHADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Slànuich. Healing, act of healing, curing, or remedying: sanandi actus. *C. S.* 2. Saving, act of saving, in a spiritual sense: servandi, salutem æternam afferendi, vel præbendi actus. *C. S.*

SLÀNUICH, -IDH, SHL, *v. a.* (Slàn). 1. Cure, heal: sana, cura. " *Slànuich* mi, a Thighearn, oir a ta mo chnàmhan air an cràdh." *Salm.* vi. 4. Heal me, O Lord, for my bones are vexed. Cura me, O Domine Deus, quia mea ossa conturbantur. 2. Save, (in a spiritual sense): salutem æternam præbe vel tribue. *C. S.*

SLÀNUICHTE, *pret. part. v.* Slànuich. 1. Healed, cured: sanatus, curatus. *C. S.* 2. Saved, (in a spiritual sense): servatus (salute æternà). *C. S.*

SLÀNUIGHEAR, -IR, *s. m.* (Slànuich, et Fear), A healer, a saviour: sanator, salvator. " De shliochd an duine so thog Dia do Israel a réir a gheallaidh, *Slànuighear*, eadhon Iosa." *Gnìomh.* xiii. 23. Of this man's seed hath God according to his promise, raised unto Israel a Saviour, even Jesus. E semine viri hujus, excitavit Deus Israëli, secundum suam promissionem, Servatorem, nempe Jesum. " An *Slànuighear*." *C. S.* The Saviour: Servator iste, Dominus Jesus.

SLAOD, -AIDH, SHL, *v. a.* (Slaod, *s.*), Drag, haul, trail along on the ground: trahe, verre, per solum trahe. *A. M'D.* 196. *Germ.* Schlitten, ferri lubricitate sua. *A. Sax.* Slidan, et Sliddor, lubricitas.

SLAOD, -AOID, -AN, *s. m.* 1. A raft, or float: ratis. *C. S.* 2. A sledge: schædia, traha. *C. S.* 3. A dragging along: trahendi actus. *C. S.* 4. A clumsy and lazy person: torpidus, inconditusque quis. *C. S.* et *O'R.* *Germ.* Schlitten, traha, currus sine rota. *Wacht.* *Swed.* Slæda. *Angl.* Sled. *Belg.* Sleede. *Ital.* Slitta.

SLAODACH, -AICHE, *adj.* (Slaod). 1. Trailing, dragging, drawling: trahens. *C. S.* 2. Abounding in rafts, or like a raft, or float: ratibus frequens, vel rati similis. *C. S.* 3. Clumsy and lazy: piger inconditusque. *C. S.* 4. Ill dressed, slovenly: inconcinnè vestitus. *C. S.*

SLAODADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Slaod. Dragging, act of dragging, hauling, or trailing along: pertrahendi actus. *C. S.*

SLÀODAG, -AIG, -AN, *s. f.* A slut, a slovenly woman: mulier inconcinna. *C. S.* *Scot.* Sleitchock. *Jam.*

SLAODAICHE, *s. f. ind.* (Slaodach). 1. A drawling, trailing, or dragging: vectio. *C. S.* 2. Slovenliness: inconcinnitas. *C. S.*

SLAODAIL, -E, *adj.* (Slaod). *C. S.* Id. q. Slaodach.

SLAODAIR, -E, -EAN, *s. m.* (Slaod, et Fear). 1. A lazy, awkward, and slovenly fellow: piger inconditusque quis.

" Ma fhuaireadh leat slaighteara misgeach,
" No *slaodaire* bristeach 'n a cheill." *Gill.* 71.

If you have got (i. e. as a husband) a drunken rascal, or a lazy awkward fellow, deficient in understanding. Si acceptus fuerit (pro marito) a te pravus, ebriosus (vir), aut piger inconditusque, fragilis ejus ratione. 2. A sluggard: ignavus quis. *C. S.*

SLAODAIREACHD, *s. f. ind.* (Slaodair). 1. Awkwardness, slovenliness: inconcinnitas. *C. S.* 2. Laziness, sluggishness: ignavia. *C. S.*

SLAODALACHD, *s. f. ind.* (Slaodail). *C. S.* Id. q. Slaodaireachd.

SLAODAN, -AIN, -AN, *s. m.* (Slaod), A track, the rut of a cart wheel: rotæ vestigium. *O'R.* et *C. S.*

SLAOD-MHEURACH, -AICHE, *adj.* (Slaod, et Meur), Clumsy-fingered, fingering a musical instrument clumsily, or tardily: instrumentum musicum tardè, vel ineptè digitis modulans. *A. M'D.* 23.

SLAOD-MHEURAICHE, *s. f. ind.* (Slaod-mheurach), Clumsiness in fingering a musical instrument: cum digitis inepta modulatio instrumenti musici. *C. S.*

SLAODRACH, -AICH, -AICHEAN, *s. f.* A hinge: cardo. *O'B.*

SLAODRAICH, -E, -EAN, *s. f.* A mass of lumber: supellectilis congeries confusa. *C. S.*

SLAOID, -IDH, SHL, *v. a. Macf. V.* Vide Slaod, *v.*

• Slaoit, -e, *s. f.* Dross, refuse of metal: scoria. *Isài.* i. 11. *marg.*

SLAOIGHTEAR, } -IR, -EAN, *s. m. C. S.* Id. q.
SLAOITEAR, } Slaightear.

SLAOP, -AIDH, SHL, *v. a.* Parboil, simmer: leniter coque. *C. S.*

SLAOPACH, -AICHE, *adj.* 1. Parboiled: semicoctus. *C. S.* 2. Trailing, drawling: verrens. 3. Slovenly, or lazy: hebes, socors. *O'R.*

SLAOPADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Slaop. Act of par-boiling, or simmering: leniter coquendi actus. *C. S.*

SLAOPAIR, -E, -EAN, *s. m.* (Slaop, et Fear), A drawler, trailer: tractator. *C. S.* 2. A sloven: inconcinnus quis. *C. S.*

SLAOPAIREACHD, *s. f. ind.* (Slaopair), A trailing, drawling: tractatio. *C. S.* 2. Slovenliness: inconcinnitas. *C. S.*

SLAPACH, } *adj.* 1. Lukewarm: tepidus. *C. S.* 2.
SLÀPACH, } Slovenly: immundus. *O'R.* et *C. S.*

SLAPAG, -AIG, -AN, *s. f.* A slut: mulier segnis, immunda. *C. S.*

SLAPAIR, -E, -EAN, *s. m.* (Slapach, et Fear), A slovenly fellow: squalidus quis. *Llh.* et *C. S.*

SLAPAIREACHD, *s. f. ind.* (Slapair), Slovenliness: immundities. *C. S.*

SLAPRAICH, -E, *s. f.* Din, noise, trampling, as of men, or horses: sonitus, strepitus, quasi hominum, vel equorum. *C. S.*

SLAT, -AIT, -AN, *s. f.* 1. Any rod, or twig: virga, surculus, baculus. " Thog e suas an t-*slat*, agus bhuail e na h-uisgeachan a bha 's an amhainn." *Ecs.* vii. 20. He lifted up the rod and smote the waters that were in the river. Sustulit virgam, et percussit aquas quæ erant in amne. 2. A switch, a wand: virga, vimen. *C. S.* 3. Any piece of timber, long, straight, and well proportioned: lignum quodvis longum, rectum, et bene formatum. *C. S.* 4. A yard in length: virga, ulna. *C. S.* 5. A yard to measure with: virga quâ metitur quis. *C. S.* " *Slat*-bhrodaidh," vel " *Slat*-iomain." *Breith.* iii. 31. *marg.* A goad: pertica. " *Slat*-ghreasaid." *C. S.* A whip, or goad: flagellum, vel pertica. " *Slat*-iasgaich." *C. S.* A fishing-rod: arundo piscatoria. " *Slat*-gunna." *C. S.* A ram-rod of a gun: virga scloppetaria. " *Slat*-bheòil," vel " Taobh-*shlat*." *C. S.* The gunwale of a boat: lignum ad naviculæ oram parte exteriore affixum. " *Slat*-mharcachd." *C. S.* A A rider's whip, or switch: equitis flagellum. " *Slat*-rìoghail." *C. S.* A sceptre: sceptrum. " *Slat*-shiùil." *C. S.* A sail-yard: antenna. " *Slat*-shuaicheantais." *Salm.* xlv. 6. A sceptre: sceptrum. " *Slat*-thomhais." *C. S.* A measuring yard: ulna. " *Slat*-sgiùrsaidh." *C. S.* A whip, a lash: flagellum. *Wel.* Slath. *Walt.*

SLATACH, -AICHE, *adj.* (Slat). 1. Abounding in rods, or twigs: virgis, vel virgultis frequens. *C. S.* 2. Like a rod: virgæ similis. *C. S.* 3. Straight, erect: erectus, rectus. *C. S.* 4. Stately, tall: elatus, procerus. *C. S.*

SLATAG, -AIG, -AN, *s. f. dim.* of Slat. A small rod, or twig: vimen. *C. S.*

SLATAGACH, -AICHE, *adj.* (Slatag). 1. Abounding in small rods, or twigs: viminibus frequens. *C. S.* 2. Like a small rod, or twig: vimini similis. *C. S.*

SLAT-GHORM, *s. f.* (Slat, et Gorm), Woody nightshade: solanum dulcamara. *O'R.*

SLAT-MHARA, } -AIT, -AN, -MARA, *s. f.* (Slat, et
SLAT-MARA, } Muir), A certain sea-weed, the sea-oak: fucus vesiculosus. *Linn. C. S.*

SLEAGH, -A, -AN, *s. f.* A spear: hasta, lancea.

" Biodh 'ur *sleaghan* mar theachdair a' bhàis"
Fing. iii. 366.

Let your spears be as the messenger of death. Sint vestræ hastæ ut nuncius mortis.

SLEAGHACH, -AICHE, *adj.* (Sleagh), Armed with spears: hastatus, hastis instructus.

" Cò ach Garna deacair, dorcha,
" Cathach, *sleaghach*, borb mar steud-shruth."
S. D. 155.

Who but Garno, gloomy, and dark, warlike, armed with a spear, wild as the torrent? Quis nisi Garno, bellicosus, hastatus, ferox ut torrens? 2. Like a spear or lance: hastæ vel lanceæ similis. *C. S.*

SLEAMHAIN, -MHNA, *adj. C. S.* Vide Sleamhuinn.

SLEAMHNA, *adj. comp.* of Sleamhuinn, *adj.* q. vide.

" Bu *shleamhna* briathra 'bhéil na 'n t-ìm."
Ross. Salm. lv. 21.

The words of his mouth were smoother than butter. Fuerunt sermones ejus oris lubriciores butyro.

SLEAMHNACHADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Sleamhnaich. Slipping, act of slipping, sliding:

labendi, delabendi, fallente vestigio delabendi actus.

" Cha mhòr nach d'rinn mo cheuma fòs,
" *Sleamhnachadh* uam air fad."
Ross. Salm. lxiii. 2.

My steps had almost slidden away (*lit.* from me), altogether. Tantùm non delapserant mea vestigia, (*lit.* à me) totidem.

SLEAMHNACHD, *s. f. ind.* (Sleamhuinn), Slipperiness: lubricitas. *Macf. V.*

SLEAMHNAD, -AID, *s. m.* (Sleamhna), Slipperiness, degree of slipperiness: lubricitatis gradus. *C. S.*

SLEAMHNUICH, -IDH, SHL, *v. n.* (Sleamhuinn), Slip, slide: labe, fallente vestigio delabe. " Cum suas mo cheumanna ann ad shlighibh, chum nach *sleamhnuich* mo chosan." *Salm.* xvii. 5. Hold up my steps in thy paths, that my feet slip not. Sustine meos gressos in tuis orbitis, ne delabantur mei pedes. *Germ.* Schleifen, repere, trahere, per humum trahere; et Schleiffen, polire, lævigare, et in lubrico decurrere. *Wacht.*

SLEAMHNAN, -AIN, -AN, *s. m.* (Sleamhuinn). 1. Any slippery substance: lubricum quodvis. *C. S.* 2. A sneaking fellow: abjectus, sordidus quis. *C. S.* 3. A sliding place, an expanse of ice on which children slide: via lubrica in glacie perlabendo facta. *C. S.* 4. Mucus: mucus. *C. S.* 5. Saliva: saliva. *A. M'D.* 172. 6. An inflammation of the eyes: oculorum inflammatio. *Provin.*

SLEAMHUINN, SLEAMHNA, *adj.* Slippery, smooth: lubricus, lævis. " Bitheadh an slighe dorcha agus *sleamhuinn*." *Salm* xxxv. 6. Let their way be dark and slippery. Sit eorum via tenebrosa et lubrica.

SLÉIBH, SLÉIBHE, *gen.* of Sliabh. q. vide.

SLÉIBHTE, SLÉIBHTEAN, *pl.* of Sliabh. q. vide.

SLÉIBHTEACH, -EICHE, *adj.* Mountainous, hilly: montosus.

" B' amhuil e 's iolair òg,
" 'N tra chi si meann o Mhor'uth *sléibhteach*."
S. D. 236.

TAOGHAIL, -IDH, -TH, *v. a.* et *n.* 1. Frequent a place, resort to a place: locum frequenta. *C. S.* et *Macf. V.* 2. Visit, call upon: visita, de viâ aliquem saluta. *C. S.*

TAOGHAL, -AIL, -AN, *s. m.* et *pres. part. v.* Taoghail. 1. Frequenting, act of frequenting, or resorting to: locum frequentandi actus. *C. S.* 2. Visiting, act of visiting, or calling upon one: visitandi, de via aliquem salutandi actus. *C. S.* 3. A resort: refugium, vel locus multò et sæpe frequentatus. *C.S.*

TAOGHALACH, -AICHE, *adj.* (Taoghal). 1. Frequenting, resorting to: frequentans. *C. S.* 2. Visiting, calling for one: de via aliquem salutans. *C. S.* 3. Fond of visiting: visitandi, vel de via aliquem salutandi studiosus. *C. S.* 4. Abounding in resorts: refugiis, vel locis multò et sæpe frequentatis abundans. *C. S.*

TAOGHAS, -AIS, -AN, *s. m.* The grave: sepulchrum.

" Ge do chuir sinn fuidh dhìon thu,
" Ann an *taoghas* na dì-chuimhn' le bròn."
Stew. 66.

Though we have laid thee under shelter in the grave of forgetfulness with sorrow. Quamvis recondidimus te sub refugium in sepulchro oblivionis mœrore.

TAOIG, -E, -EAN, *s. f.* A fit of passion: animi motus, concitatio. *Macf. V.* et *O'R.*

TAOIGEACH, -EICHE, *adj.* (Taoig). 1. Passionate: ad iracundiam proclivis. *C. S.* 2. Impassioned, angry, enraged: iracundiâ commotus. *C. S.*

TAOIM, -E, *s. f.* (Taom. *v.*) Bilge water, in a ship or boat: aqua marina per rimas navis vel cymbæ admissa. *Macf. V.* et *C. S.*

TAOIMEACH, -EICHE, *adj.* (Taoim), Admitting, or having bilge water, leaky: aquam marinam per rimas admittens, vel aquâ marinâ admissâ obsitus, de navi vel cymba. *C. S.*

TAOIS, -E, et TAOSA, *s. f.* Dough, or leaven: massa, farina ad depsendum præparata. " Agus ghabh an sluagh an *taois* mun do ghoirticheadh i." *Ecs.* xii. 34. And the people took their dough before it was leavened. Et accepit populus suam massam nondum fermentatam. *Wel.* Taes. *Dav. Scot.* Daich. *Germ.* Teig. *Wacht. Belg.* Deeg.

TAOISEACH, -EICHE, *adj.* (Taois), Of or belonging to dough, or paste: ad farinam depsendo præparatam pertinens. *C. S.* 2. Abounding in dough, or leaven: farinâ ad depsendum præparatâ abundans. *C. S.* 3. Like dough, or leaven: farinæ ad depsendendum præparatæ similis. *C. S.* 4. Raw, ill-baked: malè coctus. *C. S.*

* Taoiseach, -eich, -ean, *s. m.* (*i. e.* Toiseach), A chieftain, or general: princeps, gentilitius vel dux. *O'B.*

TAOISEADAIR, -E, -EAN, *s. m.* (Taois, et Fear), A baker: pistor. *MSS.*

TAOISEADARACHD, *s. f. ind.* (Taoiseadair), The baker's trade: pistoris occupatio. *C. S.*

TAOISG, -IDH, TH, *v. a. C. S.* Vide Taosg, *v.*

TAOISINN, -NIDH, TH, *v. a.* Knead, leaven: subige, depse. " *Taoisinn* tri miosairean do mhin phlùr." *Gen.* xviii. 6. Knead three measures of fine meal. Depse tria sata farinæ simulagineæ.

TAOISNEACHADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Taoisnich. *C. S.* Vide Taosnadh.

TAOISNEADH, -IDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Taoisinn. *C. S.* Vide Taosnadh.

TAOISNICH, -IDH, -TH, *v. a. C. S.* Vide Taoisinn.

TAOISNICHTE, *pret. part. v.* Taoisnich. Kneaded: subactus, depsus. *Macf. V.*

TAOISNIDH, *fut. v.* Taoisinn. q. vide.

TAOITEAR, -IR, -EAN, *s. m.* A tutor, or curator: curator. *C. S.*

TAOITEAREACHD, *s. f.* The office of tutor or curator: curatoris officium. *C. S.*

TAOM, -A, -ANNAN, *s. m.* A full jet, or pour of water, or any fluid: liquidorum effusio plena subitaque. *C. S.* 2. A torrent: torrens. *C. S.* 3. A fit of sickness, a sudden illness: ægrotatio subita, vel improvisa. *C S.* 4. A fit of anger, or passion: iracundiæ motus. *C. S.*

TAOM, -AIDH, TH, *v. a.* et *n.* (Taom, *s.*) Pour out as water from a vessel: effunde.

" An sin *taom* an dàn
" Air clàrsach nam fonn;
" Is clanna nam bàrd,
" Air an clàraibh crom." *S. D.* 143.

Then pour the song on the musical harp, while the children of the bards bend over their harps. Tunc effunde carmen, e cithara modulationum, et filii poëtarum super suis citharis incurvati. 2. Empty: exhauri. *C. S.* 3. Overflow: inunda. *C. S. Scot.* Toom, et Tume. *Jam. Dan.* Tommer. *Swed.* Toema. *Isl.* Toema.

TAOMACH, -AICHE, *adj.* (Taom). 1. That empties or pours out: exhauriens, vel effundens. *C. S.* 2. Overflowing: inundans, *C. S.* 3. By fits or starts, subject to fits: impetuosus. *Macf. V.*

TAOMACHADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Taomaich. *C. S.* Vide Taomadh.

TAOMADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Taom. 1. Pouring, act of pouring out: effundendi actus. *C. S.* 2. Emptying, act of emptying: exhauriendi actus. *C. S.* 3. Overflowing, act, or state of overflowing: inundandi actus vel status. *C. S.* 4. *C. S.* Vide Taom, *s.*

TAOMAICH, -IDH, TH, *v. a.* (Taom, *s.*) *C. S.* Vide Taom, *v.*

TAOMAICHTE, *pret. part. v.* Taomaich. *C. S.* Vide Taomta.

TAOMAIR, -E, -EAN, *s. m.* (Taom, et Fear)). 1. A pump: antlia. *Macf. V.* 2. One who works a pump: qui antlia operatur.

TAOMAIREACHD, *s. f. ind.* (Taomair), A pumping: antliâ operandi actus, vel occupatio. *C. S.*

TAOMAN, -AIN, -AN, *s. m.* (Taom, *v.*) A vessel for turning out the bilge water from a boat: vas quoddam ligneum quo aqua marina e cymba ejicitur. *Voc.* et *C. S.*

TAOM-BOILE, -EAN, *s. m.* (Taom, et Boile), A fit of madness, or frenzy: dementia, furoris impetus. *Macf. V.*

TAOM-BOILEACH, -EICHE, *adj.* (Taom-boile), Frantic, furious: furiosus. *C. S.*

TAOSA, *gen.* of Taois, q. vide.

TAOSG, -A, -AN, *s. m.* 1. The precise full of a liquid measuring vessel: impletio vasis ad summa labra. *C. S.* 2. A pour, a glut, the rush of any fluid: effusio plena subitaque. *C. S.* 3. A fit: impetus. *C. S.* *Dan.* Oese, effundere, et Oese, spatha.

TAOSG, -AIDH, TH, *v. a.* et *n.* (Taosg, *s.*) 1. Pour out: effunde. *C. S.* 2. Pump: exantla, aquam exantlando exhauri. *C. S.* 3. Drain, empty: desicca, liquida exhauriendo desicca. *C. S.*

TAOSGACH, -AICHE, *adj.* (Taosg). 1. Full to the brim: ad summa labra plenus. *C. S.* 2. Pouring, rushing: irruptus, proruens. *C. S.* 3. Irregular, in fits: inconstans. *C. S.*

TAOSGADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Taosg. Pouring, act or state of pouring, or rushing out: effundendi actus, vel effusio. *C. S.* 2. Pumping, act of pumping: antlandi actus. *C. S.* 3. Draining, act of draining: liquida exhauriendi actus. *C. S.* "Feadan *taosgaidh.*" *C. S.* A pump: antlia. 4. *C. S.* Vide Taosg, *s.*

TAOSGAIR, -E, -EAN, *s. m.* (Taosg, et Fear). 1. One that pumps: sentinam exhauriens, qui exantlat. *C. S.* 2. An unsteady person, acting by fits and starts: inconstans, vel variabilis quis. *C. S.*

TAOSGAIREACHD, *s. f. ind.* (Taosgair). 1. A pumping, or draining: exantlatio, exsiccatio. *C. S.* 2. Proceeding by fits and starts: inconstantia. *C. S.* 3. Profusion, folly: prodigentia, levitas. *C. S.*

TAOSGTA, *pret. part. v.* Taosg. 1. Poured out: effusus. *C. S.* 2. Pumped: exantlatus. *C. S.* 3. Drained: exhauriendo exsiccatus. *C. S.*

TAOTHAL, -AIL, -AN, *s. m.* *Llh.* Vide Taoghal.

TAP, -A, -AN, et -ACHAN. 1. Tow or wool wreathed on a distaff: corolla lanæ vel lini super colum. *Macf. V.* 2. A forelock, forelocks: antiæ. *MSS.* et *C. S.*

TAPACH, -AICHE, *adj.* (Tap), Bushy, having thick forelocks: cæsariem comatam gerens. *C. S.*

TAPACHD, *s. f. ind.* (Tapaidh). *C. S.* Vide Tapaidheachd.

TAPADH, -AIDH, *s. m.* 1. A clever feat, or action: factum agile vel dexterum. *C. S.* 2. Activity, alertness, cleverness: activitas, agilitas. *C. S.* et *Macf. V.* 3. Good luck, a lucky event: casus felix, fortunæ secundæ eventus. *C. S.* *Wel.* Happus: felix, fortunatus. *Dav.* *Germ.* Happen, avidè arripere; Happen, contingere, bene vel malè succedere. *Wacht.* *Angl.* Happen, et Happy.

TAPAG, -AIG, -AN, *s. f.* 1. An accident, a casualty: casus, eventus improvisus. *C. S.* 2. A mistake in speaking, a slip of the tongue, a bull, a blunder in speech: lapsus linguæ, scribligo. *C. S.*

TAPAGACH, -AICHE, *adj.* (Tapag). 1. Accidental, casual: contingens, fortuitus. *C. S.* 2. Blundering in speech, committing errors of speech: in lapsus linguæ incidens. *C. S.* 3. Apt to blunder in speech: ad lapsus linguæ proclivis. *C. S.*

TAPAIDH, -E, *adj.* (Tapadh). 1. Clever, quick, active: celer, alacris, promptus, dexter. *R. M'D.* 137. 2. Manly, bold: fortis, audax. *C. S.* 3. Successful in business: suis rebus vigens. *C. S.*

TAPAIDHEACHD, *s. f. ind.* (Tapaidh). 1. Quickness, activity, alacrity: agilitas, alacritas. *C. S.* 2. Manliness, boldness: fortitudo, audacia. *C. S.*

TAPAN, -AIN, -AN, *s. m.* *Macf. V.* Vide Tap.

TAPANTA, -AINTE, *adj.* (Tapadh). 1. Quick: promptus. *Macf. V.* "Gu *tapanta.*" *C. S.* Quickly: citò, impigrè. 2. Id. q. Tapaidh.

TAPANTACHD, } *s. m.* et *f.* (Tapanta). 1. Quick-
TAPANTAS, -AIS, } ness: promptitudo. *C. S.* 2. *C. S.* Id. q. Tapaidheachd.

TAPLACH, -AICH, -AICHEAN, *s. m.* 1. A wallet, repository: mantica, repositorium. *Macf. V.* et *C. S.*

TAR, *prep.* *C. S.* et *MSS.* Vide Thar.

TÀR, -AIDH, TH, *v. n.* *C. S.* Vide Tàir, *v.*

TAR, -AIRE, *adj.* *MSS.* Vide Tàir, *adj.*

TARACHAIR, -E, -EAN, *s. m.* *O'R.* Vide Toire.

TARAM, *prep.* conjoined with *pers. pron.* i. e. Tar, et Mi. *MSS.* Vide Tharam.

TARAN, -AIN, -AN, *s. m.* The ghost of an unbaptized child: infantis qui nondum baptizatus fuerat mortui spectrum. *Macf. V.*

TARAR, -AIR, -AN, *s. m.* *Llh.* Vide Toire.

TARBH, -AIRBH, *s. m.* A bull: taurus. "An e gu 'n ithinn feòil *tharbh?*" *Salm.* l. 13. Is it (so) that I should eat the flesh of bulls? Estne quòd ederem carnem taurorum? "An tarbh." A surfeit: satietas. *Provin.* *Wel.* Tarw. *Dav.* *Arm.* Tarw, et Taru. *Corn.* Tarv. *Gr.* Ταυρος. *Span.* Taro. *Ital.* Toro. *Fr.* Taureau. *Chald.* תור *thor.*

TARBH-NATHRACH, TAIRBH-NATHRACH, *s. m.* (Tarbh, et Nathair), A dragon-fly: libella. *C. S.*

TARBHACH, -AICHE, *adj.* (Tarbh). 1. Abounding in bulls; tauris frequens. *C. S.* 2. Like a bull: tauro similis. *C. S.* *Lat.* Torvus.

TARBHACH, -AICHE, *adj.* (Tairbhe). 1. Profitable, gainful: lucrosus. "Do Dhia am feud duine a bhi *tarbhach*, mar a dh' fheudas esan a ta glic bhi *tarbhach* dha féin?" *Iòb.* xxii. 2. Can a man be profitable unto God, as he that is wise may be profitable to himself? Deo an potest vir prodesse (esse lucrosus) ut potest ille qui est sapiens esse lucrosus sibi? 2. Substantial: substantiæ particeps. *C. S.* 3. Important, of consequence: momentosus, gravis, magni momenti. *C. S.* 4. Fertile, productive: fertilis. *C. S.*

TARBHACHADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Tarbhaich. 1. State of increasing in wealth, or substance: divitiis augescendi status. *C. S.* 2. Act of gaining, or profiting: lucrandi, lucrum assequendi actus. *C. S.*

TARBHACHAS, -AIS, *s. m.* (Tarbhach). *C. S.* Vide Tarbhachd.

TARBHACHD, *s. f. ind.* 1. Gain, profit: lucrum, commodum. *O'R.* et *C. S.* 2. Substantiality: substantiæ participatio. *C. S.* 3. Importance, consequence: momentum, gravitas. *C. S.* 4. Fertility, productiveness: fertilitas. *C. S.*

TARBHAICH, -IDH, TH, *v. a.* et *n.* (Tarbhach). 1. Increase in wealth, or riches: divitiis augesce. *C. S.* 2. Gain, profit: lucrum assequere, lucrare. *C.S.*

TARBHAICHEAD, -EID, *s. m.* (Tarbhach). 1. Profitableness, degree of profitableness, or gainfulness: utilitatis gradus. *C. S.* 2. Importance, degree of importance, or consequence: momenti, vel gravitatis gradus. *C. S.* 3. Fertility, degree of fertility: fertilitatis gradus. *C. S.*

TARBHAIL, -E, *adj.* (Tarbh), Bull-like, brutish: belluinus, torvus, tauriformis. *MSS.*

TARBHAN, -AIN, -AN, *s. m. dim.* of Tarbh. A little bull: juvenculus. *C. S.*

TARBHANTA, -AINTE, *adj.* (Tarbh), Grim, stern, bull-faced: truculentus, morosus, potervus, aspectu acerbus. *Llh.* et *C. S.* *Gr.* Ταυρουμενος.

TARBHANTACHD, *s. f. ind.* (Tarbhanta), Grimness, sternness, bull-facedness: morositas, potervitas, aspectûs acerbitas. *C. S.*

TARBH-TÀNA, TAIRBH-THANA, *s. m.* (Tarbh, et Tàn), A parish-bull: taurus parochialis. *Macf. V.* et *O'R.*

TARBH-UISGE, -AIRBH-UISGE, *s. m.* (Tarbh, et Uisge), A water-bull, a fabulous animal: taurus aquaticus, superstitosè existere creditus. *Macf. V.* et *O'R.*

* Tarchean, *adv.* i. e. Thar-cheann. Moreover, then, also, notwithstanding, although: præterea, insuper, etiam, nihilominus, licet, quantum libet. *Llh.* et *MSS.*

TARCUIS, -E, -EAN, *s. f.* (Tàir, *adj.* et Cùis), Contempt, despite, reproach: despectus. "Dòirtidh e *tarcuis* air àrd-uaislibh." *Salm.* cvii. 40. He poureth contempt on high nobles. Effundit contemptum super excelsos nobiles. "Dean tarcuis." *C. S.* Despise: despice.

TARCUISEACH, -EICHE, *adj.* (Tarcuis). 1. Contemtuous, despiteful, reproaching: ad despiciendum proclivis. *C. S.* 2. Contemptible, despicable: despiciendus, aspernandus, fastidiosus. *C. S.*

TARCUISEACHADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Tarcuisich. Despising, act of despising, reviling, a shewing of contempt: despiciendi actus. *C. S.*

TARCUISICH, -IDH, TH, *v. a.* (Tarcuis) Despise, revile: contemne, despice, vilipende. *C. S.* et *Macf. V.*

TARCUISICHTE, *pret. part. v.* Tarcuisich. Despised, contemned, reviled: despectus, vilipensus. *C. S.*

* Tareis, *adv.* *Llh.* Vide Taireis.

TAR-FHRADHARC, -AIN, *s. m.* (Tar, *prep.* et Fradharc), A squint, a squinting look: distortus obtutus. *C. S.* et *Macf. V.*

TAR-FHRADHARCACH, -AICHE, *adj.* (Tar-fhradharc), Squinting: limis intuens. *C. S.*

TARGADH, -AIDH, *s. m.* 1. A governing, ruling: imperatio. *Llh.* et *Macf. V.* 2. An assembly: conventus. *Llh.*

TARGAID, -E, -EAN, *s. f.* A target, a shield: clypeus major. "Agus bha coisbheirt umha air a chosaibh, agus *targaid* umha eadar a ghuaillibh." 1 *Sam.* xvii. 6. And he had greaves of brass upon his legs, and a target of brass between his shoulders. Et erat tibialia ærea illi super ejus pedes, et clypeus æreus inter ejus humeros. *Wel.* Targed. *Dav.*

TARGAIDEACH, -EICHE, *adj.* (Targaid), Shielded, armed with a shield: scutatus, scuto vel clypeo instructus. *C. S.*

TARGAIR, -IDH, et -GRAIDH, TH, *v. a.* Foretell, divine: prædic, divina. *Provin.*

TARGRADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Targair. Foretelling, act of foretelling: divinandi actus. *Provin.*

TARGRAIDH, *fut. v.* Targair, q. vide

TÀRLADH, 3*d pers. sing.* et *pl. imperat.* et *pret. subjunct. v. def.* Tàrladh, et Tàrlaidh. 1. Let him, her, it, or them happen: accidito, vel accidunto. "*Tàrladh* na dh' fheudas." *C. S.* Happen what may. Quicquid accidat. "Na 'n *tàrladh* sin." If that should happen. Si illud eveniret.

TARLAID, -E, -EAN, *s. m.* vel *f.* (Tàir, *adj.* et Slaod), A thrall, a slave: lixa, servus. *Macf. V.*

TÀRLAIDEACH, -EICHE, *adj.* (Tàrlaid), Slavish, drudging, like a drudge: lixæ vel servo similis. *C. S.*

TÀRLAIDH, *fut. v. def.* Tàrladh, et Tàrlaidh. Will happen: accidet, eveniet. "*Tàrlaidh* mar thubhairt thu." *C. S.* As you said so will happen. Eveniet ut dixisti.

TÀRLAS, *fut. v. def.* Tàrladh, et Tàrlaidh, 2*d* et 3*d pers. sing.* et *pl.* *C. S.* Vide Tàrlaidh.

TÀRMACH, -AICH, -EAN, *s. m.* *C. S.* Id. q. Tarmachan.

TÀRMACHADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Tàrmaich. 1. A source, or origin: origo. *C. S.* 2. Act, or state of originating, or beginning: oriundi, originem trahendi, vel incipiendi actus. *C. S.* 3. Gathering, act of gathering, or collecting: carpendi, colligendi actus. *C. S.* 4. Dwelling, act or state of dwelling: habitandi actus vel status. *C. S.* 5. Producing, act of producing: producendi, gignendi actus. *C. S.*

TARMACHAN, -AIN, -AN, *s. m.* The bird ptarmigan: tetras lagopus hieme albescens. *C. S.*

TÀRMAICH, -IDH, TH, *v. a.* et *n.* 1. Originate, be the source of: gigne. "*Tàrmaichidh* gach maitheas o Dhia." *C. S.* Every good originates from God. Trahit suam originem quodque bonum a Deo. 2. Gather, cull, collect: carpe, collige. *C. S.* 3. Dwell, settle: commorare, habita, habitaculum cape. *C. S.* 4. Produce, beget: produc, gigne. *C. S.*

TÀRMAICHTE, *pret. part. v.* Tàrmaich. 1. Gathered, culled, collected: carptus, collectus. *C. S.* 2. Produced, begotten: productus, genitus. *C. S.*

TÀRMUS, -UIS, *s. m.* A dislike of food, a loathing of meat: fastidium, nausea, cibi aversatio. *C. S.*

TÀRMUSACH, -AICHE, *adj.* (Tàrmus), Disliking, or loathing one's food: nauseâ laborans. *C. S.*

TÀRNACH, -AICH, *s. m.* 1. Thunder, a clap of thunder: tonitru. *Provin.* 2. Any loud sound: altus sonitus. *Provin.* 3. A blow: ictus. *Provin.*

TÀRNADAIR, -E, -EAN, *s. m.* (Tarruing, et Fear), An inn-keeper: caupo, diversitor. *Macf. V.*

TÀRNADAIREACHD, *s. f. ind.* (Tàrnadair), The office of an inn-keeper: cauponis munus vel occupatio. *C. S.*

TARP, -A, -AN, *s. m.* A clod, a lump: gleba, frustum. *Macf. V.*

TARPACH, -AICHE, *adj.* (Tarp), Full of clods, or lumps: glebis, vel frustis frequens. *C. S.*

TARPAN, -AIN, -AN, *s. m.* 1. A cluster: racemus, cumulus. *Llh.* et *Macf. V.* 2. A crab-fish: cancer. *Macf. V.*

TÀRR, -ARRA, -AN, *s. m.* 1. The lower part of the belly: hypogastrium, abdominis regio infima. *C. S.* 2. A tail: cauda. *Macf. V.* 3. The breast: pectus. *Bibl. Gloss.*

TARRACH, -AICH, *s. f.* (Tàrr), The belly thong of a pack-saddle, a girth: clitellarum cingulum, ventrem equi circumdans. *C. S.*

TARRADH, -AIDH, *s. m. Macf. V.* Vide Tarruing, *s.*

TARRA-GHEAL, -ILE, *adj.* (Tàrr, et Geal), White-bellied: ventrem albam habens. *C. S.*

TARRANG, -AING, et -ÀIRNGE, -ÀIRNGNE, et ÀIRNGEAN, *s. f.* A nail, a small iron bolt: paxillus, clavus exiguus ferreus. "Bhuail i 'n *tarran* 'n a leth-cheann, agus shàth i 's an talamh i." *Breith.* iv. 21. She smote the nail into his temples, and fastened it in the ground. Infixit paxillum in ejus tempora et firmavit eum in terram. *Hebr.* תרן *teran,* to fix firmly.

TARRANG, -ART, -AIRT, *s. f.* (Tarrang, et Art), A load-stone: magnes. *Macf. V.* et *O'R.*

TARR-FHIONN, -A, *adj.* (Tàrr, et Fionn), Having white buttocks, or white bellied: nates albas, vel ventrem albam, habens. *O'R.* et *C. S.*

TARR-GHEAL, -ILE, *adj.* (Tàrr, et Geal). *C. S.* Vide Tarra-gheal.

TARRUING, -IDH, et -TÀIRNIDH, TH, *v. a. et n.* 1. Draw, pull: trahe, hauri. "Chaidh i sìos do 'n tobar, agus *tharruing* i uisg." *Gen.* xxiv. 45. She went down into the well and drew water. Descendit illa ad fontem, et hausit aquam. "*Tàirgnidh* mise mar an ceudna (uisge) do d' chàmhail." *Gen.* xxiv. 44. I will also draw (water) for thy camels. Hauriam etiam (aquam) tuis camelis. "An *tarruing* thu mach Lebhiatan le dubhan?" *Iob.* xli. 1. Canst thou draw out Leviathan with an hook? An extrahes balænam hamo? 2. Draw, attract, lead: attrahe, suade. "Cha 'n urrainn neach air bith teachd a' m' ionnsuidh-sa mar *tarruing* an t-Athair a chuir uaith mise e." *Eoin.* vi. 44. No man can come unto me except the Father who hath sent me, draw him. Nemo potest venire ad me, nisi attraxerit Pater qui misit me illum. 3. Distill, as strong drink, brew: succum frumenti igne subjecto elice. *C. S.* 4. Take liquor from a cask: e dolio liquorem trahe. *C. S.* 5. Serve out strong drink to guests, or customers: liquorem generosum emptoribus vel hospitibus prome. 6. Pull with violence, drag: vi trahe vel rapta. *C. S.* 7. Haul, or pull along: arripe. *C. S.* "Tarruing dealbh." *C. S.* Draw a picture: picturam delinea. "Tarruing as a chéile." *C. S.* Pull asunder: distrahe. Tarruing air falbh." *C. S.* Draw away: abstrahe, subduc. "Tarruing air ais." *C. S.* Draw back: retrahe, revoca, vel ab aliquo descisce. "Tarruing fuil." *C. S.* Draw blood, or let blood: sanguinem detrahe. "Tarruing t' anail." *C. S.* Draw breath: anhela, respira. "Tarruing gu crìoch." *C. S.* Draw to a conclusion: ad finem perduc. "Tarruing a mach." *C. S.* Protract, lengthen: protrahe. "Tarruing claidheamh." *C. S.* Draw a sword: gladium distringe. 8. *n.* Draw near, approach, advance: progredere, appropinqua. "Imich, agus *tarruing* gu sliabh Thaboir." *Breith.* iv. 6. Go, and draw near to mount Tabor. I, et appropinqua at montem Taboris. *id. et* "Tarruing am fagus." "Tarruing suas." *C. S.* Address, speak to: compella, alloquere. *Wel.* Arwainn. *Dav.*

TARRUING, -ÀIRGNE, et -E, -EAN, et TÀIRGNEAN, *s. f.* 1. Drawing, act of drawing, or pulling: trahendi actus. "Ann an ionadaibh *tarruing* an uisge." *Breith.* v. 11. In the places of drawing water. In locis hauriendi aquam. 2. Drawing, act of drawing, or attracting: attrahendi, suadendi actus. *C. S.* 3. Distilling, act of distilling: succum frumenti subjecto igne extrahendi actus. *C. S.* 4. Act of drawing liquor from a cask: liquorem è dolio extrahendi actus. *C. S.* 5. Act of serving out liquor to customers, or guests: liquores generosos emptoribus vel hospitibus depromendi actus. *C. S.* 6. Act of drawing, painting, or delineating: delineandi actus. *C. S.* 7. Act of hauling, or pulling along: arripiendi actus. *C. S.* 8. Act of pulling with violence, or dragging: vi trahendi, vel raptandi actus. *C. S.* 9. Act of drawing near, or approaching: appropinquandi actus. *C. S.* 10. Any weight, or bulk that is drawn: quicquid vi, vel arte tractum. *C. S.* 11. A haul-yard, a rope by which a sail is hoisted, or lowered: funis quidam ad navem vel naviculam pertinens quo velum erigitur, vel subducitur. *C. S.* "Tarruing-éisg." *Macf. V.* A draught of fishes: piscium jactus. 12. A turn, the season or time, at which any thing is done: vicissitudo, tempus, quo aliquid fit. "Air a' cheud *tarruing.*" *C. S.* At the first time: primo tempore.

TARRUINGEACH, -EICHE, *adj.* (Tarruing), Drawing, that draws: trahens, qui trahit. *C. S.* Vide Tarruing.

TARRUINGTE, *pret. part. v.* Tarruing. Drawn: tractus. Vide Tarruing, *v.*

TARSANNAN, -AIN, -AN, *s. m.* (Tarsuing). 1. Any beam going or extending across: transtrum, trabs. *C. S.* 2. A spoke of a wheel: rotæ radius. 1 *Righ.* vii. 33. "Tarsnan-rotha." *Macf. V.*

TARSNAN, -AIN, -AN, *s. m.* (Tarsuing). 1. Any beam going or extending across: transtrum, trabs. *C. S.* 2. A spoke of a wheel: rotæ radius. 1 *Righ.* vii. 33. "Tarsnan-rotha." *Macf. V.*

TARSUING, *adv.* et *prep.* Vide Tarsuinn, *adv.*

TARSUINN, -E, *adj.* (Thar). 1. Transverse, that crosses any thing else: transversus. "Ni mò bu chòir dhuit seasamh anns an t-slighe *tharsuinn*." *Obad.* 14. Neither shouldst thou have stood in the cross way. Neque fuisset jus tibi stare in via transversa. 2. Oblique, lateral: obliquus, lateralis. *C. S.* 3. Cross, perverse, peevish, fretful, ill-humoured: perversus, pervicax, morosus. *C. S.*

TARSUINN, *adv.* et *prep.* 1. Across, transversely, or obliquely: transversìm, obliquè. *C. S.* 2. Across: trans. *C. S.* 3. Over, from side to side: trans, per, ad alterum latus ab altero. *C. S.*

TARSUINNEACHD, *s. f. ind.* (Tarsuinn). 1. Transverseness, obliquity: obliquitas. *C. S.* 2. Crossness, peevishness: perversitas, pervicacia, morositas. *C. S.*

TARSUNNANACHD, *s. f. ind.* (Tarsuinn, *adj.*) A species of poetry, lampooning, sarcastic language, cross allusions, inuendoes: satira, carmen famosum, sarcasmus. *C. S.*

* Tart, *prep.* conjoined with *pers. pron. i. e.* Tar, et Thu. Vide Thart.

TART, -AIRT, *s. m.* 1. Thirst: sitis. C'ar son so a thug thu nìos sinn as an Eiphit, chum sinn féin a mharbhadh, agus ar clann, agus ar spréidh le *tart?*" *Ecs.* xvii. 3. Wherefore is this that thou hast brought us up out of Egypt, to kill us, and our children, and our cattle, with thirst? Quare hoc te eduxisse nos (*lit.* sursùm) ex Ægypto, ad nosmet occidendum, et nostros liberos, et nostrum pecus site? 2. Drought, dry weather, want of rain: siccitas, cœlum aridum, pluviæ absentia.

"Amhluidh mar bhitheas fearann cruaidh.

"Air tiormachadh le *tart*. *Ross. Salm.* cxliii. 6. As a hard land is (that is) dried with drought. Sicut sit solum sterile arefactum siccitate. *Wel.* Tarth, vapour: exhalatio. *Dav. Germ.* Durst. *Wacht. Swed.* Torr. *Isl.* Thorr, et Thurr. *Gr.* Τερσω, arefacio, sicco.

TARTACH, -AICHE, *adj.* (Tart). 1. Thirsty: siticulosus. *C. S.* 2. Causing thirst: sitim afferens. *C. S.* 3. Droughty: siccus. *C. S.*

TARTAR, -AIR, -AN, *s. m.* 1. Noise, any great noise: strepitus.

"A *thartar* mar thuinn, a' slachdadh sgeire." *S. D.* 107.

His noise as waves dashing against a sea-rock. Ejus strepitus instar undæ pulsitantis maris scopulum. 2. Clamour, vociferation: clamor, vociferatio. *Macf. V.* 3. Hurry, bustle, confusion: festinatio, tumultuatio. *Macf. V.* et *C. S. Wel.* Truvst, et Trwdda. *Dav. Arm.* Tarz.

TARTARACH, -AICHE, *adj.* (Tartar). 1. Noisy, making a great noise: strepitum ingentem edens, vel concitans. *C. S.* 2. Clamorous, vociferous: clamosus, vociferans. *C. S.* 3. Hurried, bustling, confused, or creating confusion: festinans, tumultuans, tumultuatus, vel tumultum concitans. *C. S.* 4. Magnanimous: magnanimus. *Macf. V.* 5. Forward: audax. *Macf. V.*

TARTARACHD, *s. f. ind.* (Tartarach). 1. Noisiness, a habit of making noise: clamor, clamorem excitandi consuetudo. *C. S.* 2. Bustle, confusion: tumultuatio, festinatio, confusio. *C. S.* 3. Forwardness: audacia. *C. S.*

TARTMHOR, -OIRE, *adj.* (Tart, et Mòr). 1. Thirsty: siticulosus, sitiens. *C. S.* 2. Droughty, dry: siccus. *C. S.*

TARTMHORACHD, *s. f. ind.* (Tartmhor), Drought: siccitas. *C. S.*

TARUNG, -ING, } -AN, et TAIRGNE, et TAIRGNEAN,
TARUNN, -UINN, } *s. f. C. S.* Vide Tarrang.

TÀSAN, -AIN, -AN, *s. m.* A slow, tedious, or plaintive discourse: sermo cunctabundus, lentus, vel querulus. *Macf. V.*

TÀSANACH, -AICHE, *adj.* (Tàsan). 1. Slow, tedious: tardus, cunctabundus. *Macf. V.* 2. Plaintive, querulous: querulus. *Macf. V.*

TÀSANACHD, } *s. f.* (Tàsanach), A habit of slow
TASANAICH, } wrangling: altercatio consueta. *MSS.* et *C. S.*

TASDAN, -AIN, -AN, *s. m.* A shilling: solidus, numisma Britannicum. *N. H. Angl.* Tester.

TASDANACH, -AICHE, *adj.* (Tasdan), Having many shillings: solidos multos habens. *N. H.*

TÀSG, -ÀISG, -AN, *s. m.* (Vide Tathasg), A ghost, an apparition: larva, spectrum. *MSS.* et *Provin.*

* Tàsg, -àisg, -an, *s. m.* 1 A report or rumour, fame: rumor, fama. *O'B.* 2. News, knowledge: res novæ, scientia. *O'R.*

TASGAIDH, -E, -EAN, *s. f.* et *pres. part. v.* Taisg. 1. A depository, a thing laid by or preserved, a treasure: armarium, depositum, thesaurus. *O'R.* et *C. S. Germ.* Tasche. 2. Laying up, act of laying up, or hoarding: condiendi, coacervandi actus. *C. S.* 3. A darling: deliciæ. "Mo *thasgaidh*." *C. S.* My treasure: meum desiderium.

TADADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Tataidh. An attracting, or attaching to one, gaining over, cherishing: fovendi actus vel consuetudo. *Provin. Scot.* Dawting. *Angl.* Doating on.

TATAG, -AIG, -AN, *s. f.* A clash: clangor. *Provin.*

TATAIDH, -IDH, TH, *v. n.* Attract, cherish, gain over, conciliate, make one follow: attrahe, fove, allice, invita, concilia. *Provin.*

TÀTH, -AIDH, TH, *v. a.* Cement, join together, glue, solder: coalesce, conjunge, conglutina. *Macf. V.*

TÀTHACH, -AICHE, *adj.* (Tath, *v.*) Cementing, that cements, or solders: conglutinans. *C. S.*

TATHACH, -AICH, *s. m.* A guest, one who frequents a place: hospes, vel qui locum quendam frequentat. *MSS.*

* Tathad, for Tha iad. *MSS.* et *Llh.*

TÀTHADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part v.* Tàth. Joining, cementing, act of joining, or soldering: conjungendi, conglutinandi actus. *C. S.* 2. A joining together: conjunctio. *C. S.*

TATHAICH, -E, *s. f.* et *pres. part. v.* Tathaich. 1. Frequenting, act of frequenting, or of often visiting: frequentandi, visitandi actus. *C. S.* 2. A resort, or place frequently visited: locus multò frequentatus. *C. S.*

TATHAICH, -IDH, TH, *v. a.* Visit often, resort to: frequenta, visita. *C. S.*

TATHAICHE, -EAN, *s. m.* (Tathaich, *v.*) One who visits often: frequentator. *C. S.*

TATHAICHEACH, -EICHE, *adj.* (Tathaich), Conversant, acquainted with, frequently visiting: familiaris, frequentans, sæpe visitans. *Llh.* et *C. S.*

TÀTHAIR, -E, -EAN, *s. m.* (Tàth, et Fear), A joiner: faber lignarius. *O'R.* et *C. S.*

TATHASG, -AISG, -AN, *s. m. C. S.* Vide Tabhasg.

TATH-BHEUM, -ÉIM, -NANNAN, *s. m.* 1. A mortal blow: ictus mortiferus. *Macf. V.* 2. A casting of darts: jaculorum emissio. *O'R.*

• Tathfann, -ainn, *s. m. B. B. Isài.* lvi. 10. Vide Tathunn.

TATHUINN, -IDH, TH, *v. n.* Bay, bark: latra. *O'R.* et *C. S.*

TATHUNN, -UINN, *s. m.* et *pres. part. v.* Tathuinn. Barking, act of barking: latratio, latrandi actus. *C. S.*

TATHUNNAICH, -E, *s. f.* (Tathuinn), A baying, or barking: latratio. *Macf. V.*

• Tè, *adj. B. B. Deut.* xix. 6. Vide Teith.

TÉ, *s. f. ind.* 1. A woman: mulier. "Bha aig Laban dithis nigheana: b' e ainm na *té* bu shine Leah, agus ainm na *té* a b' òige Rachel." *Gen.* xxix. 16. Laban had two daughters; the name of the elder one was Leah, and the name of the younger one Rachel. Fuit Labani duæ filiæ; fuit nomen illius quæ erat major natu Leah, et nomen illius quæ erat junior Rachel. 2. Used of any object or thing to which the feminine gender applies: vox "té," de re quavis adhibetur, quæ feminei generis esse sumitur. *C. S.*

TÈABHACHD, *s. f. ind. S. D.* 218. et *Provin.* Vide Tàbhachd.

TEABAD, -AID, -AN, *s. m.* 1. A stammer, or stammering: verborum hæsitatio. *Provin.* 2. An accident: casus improvisus. *Provin.*

TEABADACH, -AICHE, *adj.* (Teabad). 1. Stammering: balbus, voce hæsitans. *Provin.* 2. Accidental: contingens, fortuitus. *Provin.*

TEABADAICH, -E, *s. f.* 1. A stammering, a custom of stammering: balbuties, balbutiendi consuetudo. *Provin.* 2. Hesitation, delay: hæsitatio, cunctatio. *Provin.*

TEABANTA, -AINTE, *adj.* Carping, captious: criticus, contentiosus. *C. S.*

TEABANTACHD, *s. f. ind.* (Teabanta). 1. Captiousness, a captious disposition: ad contentionem proclivitas. *C. S.* 2. A habit of carping: contentionis consuetudo. *C. S.*

TEABARSNAICH, -E, *s. f. Provin.* Id. q. Teabadaich.

TEACH, *s. m. ind.* A house: tectum, domus.

"An uair a nithear saoibhir neach,
"Na glacadh faitcheas thu;
"'S an t-àm a chinneas glòir a *theach*,
"Na cuireadh sud ort tnù." *Salm.* lxxv. 16.

When one is made rich, let not fear seize thee, and when the glory of his house prospers, let not that cause envy to thee. Quando factus fuerit dives aliquis, ne capiat timor te; et horâ (quando) increverit gloria ejus domûs, ne imponat istud tibi invidiam. *Wel.* Ty. *Walt. Arm.* Tec. *Germ.* Dach, tectum. *Wacht. A. Sax.* Theki. *Swed.* Taak. *Dan.* Dag. *Scot.* Thack. *Angl.* Deck (of a ship). *Gr.* Τεγος, et Τεγη.

TEACHD, *s. m. ind.* et *pres. part. v.* Thig. 1. Accession, arrival, a coming: adventus, accessus.

"'S ait ceuma do *theachd* air an aonach."
S. D. 212.

Joyful are the steps of thy coming on the hill. Lætifici sunt gradus tui adventûs super clivum. 2. Coming, act of coming: veniendi actus. "Tha thusa *a' teachd* a' m' ionnsuidh-sa le claidheamh, agus le sleagh, agus le sgéith." 1 *Sam.* xvii. 45. Thou comest to me with a sword, and a spear, and a shield. Tu venis ad me cum gladio, cum hasta, et cum scuto.

TEACHD, *adj.* Legal, lawful, right, just, belonging to: justus, æquus. "Cha *teachd* dhuit sin." *C. S.* That is more than your due. Non est justum tibi istud.

TEACHD-AMACH, *s. m. ind.* (Teachd, *s.* et Mach, *adv.*) Product, increase: fructus, incrementum. *Macf. V.* et *C. S.*

TEACHD-A-STEACH, } *s. m. ind.* (Teachd, et Steach,
TEACHD-A-STIGH, } vel Stigh), Income, revenue: reditus, vectigal. "Ann an *teachd-a-stigh* an aingidh tha buaireas." *Gnà.* xv. 6. In the revenues of the wicked is trouble. In proventu improbi est conturbatio.

TEACHD-AN-TÌR, *s. m. ind.* (Teachd, et Tìr), Substance, livelihood: victus, patrimonium.

"Tabhair dhoibh beath' is *teachd-an-tìr*."
Ross. Salm. xxviii. 9.

Give unto them life and food. Da illis vitam et victum.

TEACHDAIR, -E, -EAN, *s. m.* (Teachd et Fear). 1. A messenger, courier, or ambassador, any one bearing, that is sent, or that comes, with a message: nuncius, nunciis missus, vel veniens, nuncius quivis, legatus. "Tuitidh droch *theachdair* ann an olc; ach is slàinte an *teachdair* dìleas." *Gnà.* xiii. 17. A wicked messenger falleth into mischief; but a faithful ambassador is health. Incidit improbus nuncius in malum; at est salus legatus fidelis. Teachdair-righ." *C. S.* A king's messenger: internuncius regalis. "Teachdair-litrichean." *C. S.* A letter-carrier: tabellarius.

TEACHDAIREACH, -EICHE, *adj.* (Teachdair). 1. Of or belonging to a messenger, courier, or ambassador: ad nuncium vel legatum pertinens. *C. S.* 2. Like a messenger, courier, or ambassador: nuncio vel legato similis. *C. S.*

TEACHDAIREACHD, *s. f. ind.* (Teachdair), A message, errand, embassy, legation: jussum, mandatum, legatio. "Tha *teachdaireachd* agam o Dhia a d' ionnsuidh." *Breith.* iii. 20. I have a message from God unto thee. Est mandatum mihi a Deo ad te. "Chaidh e air *theachdaireachd*." *C. S.* He went a message, an errand, or embassy. Mandatis profectus est, vel nuncius ivit. 2. Tidings, news: novellæ. *C. S.*

TEADALACH, -AICHE, *adj.* Slow, inactive, dilatory: segnis, iners, tempus ducens. *C. S.*

TEADALACHD, *s. f. ind.* (Teadalach), Slowness, inactivity, dilatoriness: pigritai, inertia, cunctatio. *C. S.*

TEADALTAS, -AIS, *s. m. C. S.* Vide Teadalachd.

TEADHAIR, -DHRACH, et TEADHRAICHEAN, *s. f.* A tether: jumenti retinaculum, compedes. *Macf. V.* et *C. S.*

TEADHRACHADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Teadhraich. Tethering, act of tethering, or confining by a tether: equo vel jumento compedes injiciendi actus. *C. S.*

TEADHRAICH, IDH, TH, *v. a.* (Teadhair), Tether, confine by a tether, or put on a tether: equo vel jumento compedes injice. *C. S.*

TEADHRAICHTE, *pret. part. v.* Teadhraich. Tethered, bound or fastened by a tether: compedibus retentus. *C. S.*

TEADHRAICHEAN, *pl.* of Teadhair, q. vide.

TEAGAIR, -IDH, et GRAIDH, -TH, *v. a.* 1. Collect, provide, furnish, supply: collige, suppedita. *C. S.* 2. Thatch, cover: casam culmis, stipulis, vel ericâ tege. *O'R.* 3. Shelter, protect: defende, protege. *O'R.*

TEAGAISG, -IDH, TH, *v. a.* Teach, instruct: doce. "O d' bhreitheanasaibh cha do chlaon mi; oir *theagaisg* thusa mi." *Salm.* cxix. 102. From thy judgments I have not departed, for thou hast taught me. A tuis judiciis non recessi, quia docuisti tu me. *Wel.* Dysgu, addysgu. *Dav. Gr.* Διδάσκω.

TEAGAISGTE, *pret. part. v.* Teagaisg. Taught: doctus. *C. S.*

TEAGAISGTEACH, -EICHE, *adj.* (Teagaisgte), Docile, teachable: doctrinæ capax. *C. S.*

TEAGAMH, -AIMH, -AN, *s. m.* 1. Doubt, a doubt: dubium, dubitatio. *C. S.* 2. A doubtful case: res dubia. *C. S.* 3. Suspense, perplexity: hæsitatio, difficultas. *C. S.* "Gun *teagamh.*" *C. S.* Without doubt: sine dubio "Tha mi an *teagamh.*" *C. S.* I doubt: dubito.

TEAGAMHACH, -AICHE, *adj.* (Teagamh). 1. Doubtful: dubius, ambiguus. *C. S.* 2. Doubting: dubitans. *C. S.* 3. Causing a doubt: dubitationem afferens. *C. S.* 4. Uncertain: incertus. *C. S.*

TEAGAR, -AIR, *s. m.* Provision: commeatus, victus. *Macf. V.* et *O'R.*

TEAGASG, -AISG, -AN, *s. m.* et *pres. part. v.* Teagaisg. 1. Teaching, act of teaching, or instructing: docendi actus. "Bha mi gach là a' m' shuidhe maille ribh 's an teampull, *a' teagasg.*" *Mat.* xxvi. 55. I sat daily with you in the temple, teaching. Sedebam vobiscum quaque die in templo, docens. 2. Doctrine, a doctrine, or doctrines: doctrina, propositio quævis, dogma, vel scientiæ cujusvis propositio. "A' teagasg àitheanta dhaoine mar *theagasg.*" *Mat.* xv. 9. Teaching the commandments of men as doctrine. Docentes præcepta hominum instar doctrinæ. *Wel.* Dysg. *Dav. Angl.* Text. "Fear-teagaisg." *C. S.* A teacher: doctor. "Luchd-teagaisg." *C. S.* Teachers: doctores. "Teagasg-draoidheachd." *MSS.* Sorcery, druidism: veneficium, ars magica, doctrina druidarum.

TEAGAISGAIR, -E, -EAN, *s. m.* (Teagasg, et Fear). A teacher: doctor. *Macf. V.*

TEAGHLACH, -AICH, -AICHEAN, *s. m.* et *f.* 1. A family, household: familia. "Air eagal gu m' biodh 'n ur measg fear, no bean, no *teaghlach*, no treubh, a chlaonas a chridhe air falbh an diugh o 'n Tighearn ar Dia." *Deut.* xxix. 18. Lest there should be among you man, or woman, or family, or tribe, who shall withdraw their (his) heart this day from the Lord our God. Ne sit apud vos vir, vel mulier, vel familia, vel tribus qui avertet suum animum hodie a Domino Deo nostro Deo. 2. A house or dwelling: domus, domicilium. *C. S. Wel.* Teulu, Tylwyth. *Dav.*

TEAGMHACH, -AICHE, *adj.* (Teagamh). *C. S.* Vide Teagamhach.

TEAGMHAIL, -E, -EAN, *s. f.* 1. An occurrence, rencounter, contingence: occursus, casus. *MSS.* et *Macf. V.* 2. A meddling, or interference: discrepantia. *Llh.* 3. Strife, revenge, retribution: contentio, ultio, retributio. *O'R.*

* Teagmhaileach, *adj.* Contentious, contending, striving: litigiosus, rixosus. *O'R.*

TEAGMHAIS, -E, -EAN, *s. f.* An accident: casus. *Macf. V.*

TEAGMHAISEACH, -EICHE, *adj.* (Teagmhais), Accidental: fortuitus. *Llh.* et *Macf. V.*

TEAGNADH, -AIDH, -EAN, *s. m.* A squeezing, or forcing of any thing through another, a striving: compressio, nisus, rei alicujus compressio in, vel per aliam. *C. S.*

TEAGRADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Teagair. 1. Providing, act of providing, collecting, or furnishing: colligendi, suppeditandi actus. *C. S.* 2. Thatching, act of thatching: casam stipulis, culmis, vel erica tegendi actus. *MSS.* 3. Defending, act of defending, or protecting: defendendi, tuendi actus. *C. S.*

TEAGRAIDH, *fut. v.* Teagair. q. vide.

TEAGUISG, -IDH, TH, *v. a. C. S.* Id. q. Teagaisg.

* Tealla, *s. m.* The earth: tellus. *Llh.*

TEALLACH, -AICH, -AICHEAN, *s. m.* 1. A hearth, or fire-place: focus. "Anns an là sin ni mise uachdarain Iudah mar *theallach* teine am measg connaidh." *Sechar.* xii. 6. In that day I will make the rulers of Judah as an hearth of fire among the wood. Eo die reddam duces Jehudæ tanquam focum ignis inter ligna. 2. A smith's forge: furnus. *C. S.*

TEALLACHAG, -AIG, -AN, *s. f.* (Teallach), A concubine: concubina. *Macf. V.*

TEALLAID, -E, -EAN, *s. f.* A lusty or bunchy woman: mulier ventriculosa. *Macf. V.*

TEALLSANACH, -AICH, *s. m. C. S.* Vide Feallsanach.

TEALLSANACHD, *s. f. ind. C. S.* Vide Feallsanachd.

TEAMHAIDH, -E, *adj.* 1. Pleasant: amœnus. *C. S.* 2. Quiet: tranquillus. *C. S.*

TEAMHAIR, -E, *adj.* Pleasant, agreeable: amœnus, venustus. *Macf. V.*

TEAMPULL, -UILL, *s. m.* A temple, or church: templum. *Salm.* xxvii. 4

TEAMPULLACH, -AICH, *s. m.* (Teampull), A church-officer: ecclesiæ servus. *C. S.*

TEAMPULLACH, -AICHE, *adj.* (Teampull). 1. Of or belonging to a temple, or church: ad templum pertinens. *C. S.* 2. Like a temple, or church: templo similis. *C. S.*

TEANACHD, -AIDH, TH, *v. a.* Save, protect, recover: conserva, tuere, recupera. *Provin.*

TEANACHDADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Teanachd. Saving, act of saving, protecting, recovering from instant peril: conservandi, tuendi, a periculo imminente eripiendi actus. *C. S.*

TEANACHDAS, -AIS, *s. m. C. S.* Vide Teanadachadh.

TEANAIL, -IDH, TH, *v. a. C. S.* Vide Tionail.

TEANCHAIR, -E, -EAN, *s. m.* (Teann, et Car), Pincers, tongs, a smith's vice, or tongs: forceps, cochlearis. *C. S.*

TEANGA, -AN, et -EAN, et -ANNAN, *s. f.*
TEANGADH, -AIDH, 1. The tongue, a tongue: lingua. "Gléidh do *theangadh* o olc." *Salm.* xxxiv. 13. Keep thy tongue from evil: custodi tuam linguam a malo. 2. A speech, or dialect: dialectus. *C. S.*

TEANGACH, -AICHE, *adj.* (Teanga). 1. Tongued, loquacious: loquax. 2. Speaking many languages: variis linguis versatus. *C. S.*

TEANGACHD, *s. f. ind.* (Teangach). *C. S.* Vide Teangaireachd.

TEANGA-CON, *s. m.* (Teanga, et Cù), The herb hound's tongue: cynoglossum officinale. *O'R.*

TEANGA-MHION, *s. f.* (Teanga, et Mion), Dead nettle, white archangel: lanium album. *O'R.*

TEANGAIDH, -E, -EAN, *s. f. C. S.* Vide Teanga.

TEANGAIR, -E, -EAN, *s. m.* (Teangar, et Fear). 1. A linguist, a humanist, an interpreter: linguarum peritus, humaniorum literarum professor, interpres, prolocutor. *C. S.* 2. An orator: orator. *C. S.*

TEANGAIREACHD, *s. f. ind.* (Teangair). 1. The office of a linguist, or interpreter: linguarum periti, vel interpretis munus, vel occupatio. *C. S.* 2. Skill in languages: linguarum peritia. *C. S.* 3. Philology: philologia. *C. S.* 4. Oratory: oratoris munus. *C. S.*

TEANN, TEINNE, *adj.* 1. Strait, tense: arctus, strictus, tensus. *C. S.* 2. Stiff, rigid: rigidus. *C. S.* 3. Fixed, firmly fixed: fixus. *C. S.* 4. Closely packed: densè compressus. 5. *i. e.* "Teann *air.*" Near to: vicinus, propè adstans. *C. S.* 6. Narrow, miserly: parcus, avarus. *C. S.* 7. Eager, keen: vehemens, ardens. *C. S.* 8. In difficult circumstances: rebus angustis versatus. *C. S.* *Wel.* Ten, et Teyn. *Dav.* *Arm.* Ten, et Tenna. *Gr.* Τεινω. *Lat.* Tendo.

TEANN, -AIDH, TH, *v. a.* et *n.* 1. Strain, press, press together: comprime, allide. *C. S.* 2. Move, stir, proceed, go, or come: move te, progrede, abi, vel veni. *C. S.* 3. Come, fall to, begin: adesto, aggredere, incipe. *C. S.* "Teann a mach." *C. S.* Turn out: exi, exi foris. "Teann a bhos." *C. S.* Come near: appropinqua. "Teann suas." *C. S.* Go up: ascende. "Teann a nall." *C. S.* Get hither: huc ades. "Teann a ńunn." *C. S.* Go over thither: transi ad alteram partem. "Teann uam." *C. S.* Get thee from me: apage. "Teann ŕis." *C. S.* Begin it: incipe. "Teannaibh ŕ' a chéile." *C. S.* Sit close together: confertim sedete. *Wel.* Tynn. *Dav.*

TEANN! TEANN! *interj.* Hold! hold!: siste! cave! *C. S.*

TEANNACHADH, *s. m.* et *pres. part. v.* Teannaich. 1. Straitening, act of straitening: comprimendi, vel constringendi actus. *C. S.* 2. Squeezing, act of squeezing, or crushing: collidendi, elidendi actus. *C. S.* 3. Crowding, act of crowding, or of crowding together: arctandi, coarctandi coangustandi actus. *C. S.* 4. Oppressing, act of oppressing: opprimendi actus. *C. S.* 5. Clasping, act of clasping, inclosing, or embracing: infibulandi, fibulâ conjungendi, vel connectendi, amplectandi actus. *C. S.* 6. Besieging, act of besieging: obsidendi actus. *C. S.* 7. A strait, a difficulty: angustia, difficultas. *C. S.* 8. Energy, force: efficacia, vis. *C. S.*

TEANNADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Teann. 1. Straining, act of straining, pressing, or pressing together: constringendi, comprimendi actus. *C. S.* 2. Moving, act of moving, stirring, going, or coming: se movendi actus. *C. S.* Vide Teann, *v.*

TEANNAICH, -IDH, TH, *v. a.* (Teann). 1. Straiten, make tight: arcta, comprime, coarcta, constringe. "'Nuair a dh' imicheas tu, cha *teannaichear* do cheumanna." *Gnà.* iv. 12. When thou goest, thy steps shall not be straitened. Quum ambulabis non arctabuntur gressus tui. 2. Squeeze, crush: collide, elide. *C. S.* 3. Crowd, crowd together: coangusta. *C. S.* 4. Oppress, reduce to difficulty: opprime, ad incitas redige. *C. S.* 5. Clasp, inclose, embrace: fibulâ conjunge, vel connecte, amplectare. *C. S.* Besiege: obside. "*Teannaichidh* e thu ann ad gheataibh uile." *Deut.* xxiii. 52. He shall besiege thee in all thy gates. Obsidebit te in tuis portis omnibus. *Fr.* Tendre.

TEANNAICHTE, *pret. part. v.* Teannaich. 1. Straitened, confined, made strait: coarctatus, constrictus. *C. S.* 2. Squeezed, crushed: collisus, elisus. *C. S.* 3. Crowded, crowded together: coangustatus. *C. S.* 4. Oppressed, reduced to straits: oppressus, ad incitas redactus. *C. S.* 5. Clasped, inclosed: fibulâ constrictus, vel connectus, inclusus sicut gremio. *C. S.* 6. Besieged: obsessus. *C. S.*

TEANNAIR, -E, -EAN, *s. m.* (Teann, et Fear). 1. A squeezing press, any instrument to squeeze with: instrumentum quodvis quo comprimitur aliquid. *C. S.* 2. The noise of the sea in a cave: per antrum maris sonitus. *Llh. App.*

TEANNAS, -AIS, *s. m.* (Teann), Austerity: austeritas, severitas. *O'R.* et *C. S.*

TEANNASACH, -AICHE, *adj.* (Teannas), Austere, severe: austerus, severus. *C. S.*

TEANNCHAIR, -E, -EAN, *s. m. C. S.* Vide Teanchair.

TEANNDACH, -AICHE, *adj.* (Teann). 1. Pressing, that presses: constringens, coarctans. *C. S.* 2. Oppressive, afflictive: opprimens, ærumnas afferens. *C. S.*

TEANNDACHADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Teanndaich. *C. S.* Vide Teannachadh.

TEANNDACHD, *s. f. ind.* (Teanndach). *C. S.* Vide Teanntachd.

TEANNDAICH, -IDH, TH, *v. a.* (Teann). *C. S.* Vide Teannaich.

TEANNDAICHTE, *pret. part. v.* Teanndaich. *C. S.* Vide Teannaichte.

TEANN-DHEOCH, *s. f.* (Teann, et Deoch), A full draught, or large drink: haustus plenus. *C. S.*

TEANN-FHÀSGADH, -AIDH, -EAN, *s. m.* (Teann, et Fàsgadh), A hard squeeze: compressio rigida, vel arcta. *C. S.*

TEANN-SHÀTH, -ÀITH, -AN, *s. m.* (Teann, et Sàth), A full meal, great abundance: cibi refectionis copia, satietas. *C. S.*

TEANNTA, *adj.* et *pret. part. v.* Teann. Joined, close, compact: conjunctus, compactus. *Llh. O'R.* et *C. S.*

TEANNTACHD, *s. f. ind.* 1. A strait, difficulty: indigentia, res ardua, angustiæ. " Eadhon mar sin, dh' atharraicheadh e thusa á meadhon *teanntachd* gu àite farsuinn." *Iob.* xxxvi. 16. Even so he would have removed thee from the midst of a strait, to a wide place. Etiam sic avertisset te e medio angustiarum ad locum spatiosum. 2. Oppression: oppressio. *C. S.* 3. Frost: glacies, gelu. *C. S.* 4. Adversity: res adversæ. *C. S.* 5. Constipation: alvi astrictio. *C. S.*

TEANNTAN, -AIN, -AN, *s. m.* (Teann). 1. A press, a squeezer: prelum, torculum. " Crann *teanntain*." A press, wine-press: torculare. *Llh.* et *O'B.* 2. A bruising: contusio. *C. S.*

TEARB, -AIDH, TH, *v. a.* Separate, wean: separa, a lacte depelle. *C. S.*

TEARBADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Tearb. Separating, act of separating, or weaning: separandi, a lacte depellendi actus. *C. S.*

TEARBAIDH, -IDH, TH, *v. a. Provin.* Vide Tearb.

TEARBAIN, -IDH, TH, *v. a. Provin.* Vide Tearb.

TEARBTA, *pret. part. v.* Tearb. Separated, weaned: separatus, a lacte depulsus.

TEARC, TEIRCE, *adj.* Rare, unusual, scarce, few: rarus, parcus, paucus.

" 'S *tearc* an diugh mo chùis ghàire."

Turn. 42.

Unusual to-day is my cause of laughter. Est rara hodie mea causa ridendi.

TEARCAD, -AID, *s. m.* (Tearc), Fewness, scarcity, rareness, degree of rareness: paucitas, inopia, raritas, raritatis gradus. *C. S.*

TEARC-EUN, -EÒIN, *s. m.* (Tearc, et Eun), A phœnix, *lit.* a rare bird: phœnix, *lit.* rara avis. *Macf. V.*

TÈARMANN, -AIN, } *s. m.* 1. Protection, refuge, a
TÈARMUNN, -UINN, } sanctuary: asylum, refugium.

" Is gabhaidh mi fuidh sgàil do sgéith
" Mo *thèarmunn* is mo ñeart,
" Gu ruig an uair sin anns an téid
" Na h-uilc ud uile thart."

Salm. lvii. 1.

And I will take beneath the shadow of thy wing my refuge and my strength, till that time come in which all those evils shall have passed away. Et capiam sub umbra tuæ alæ meum refugium et meum robur, quousque venerit hora ista in quâ transierint mala hæc omnia. " Dean *tèarmunn*, vel, " Thoir *tèarmunn*." *C. S.* Defend, protect: defende, protege.

TÈARMUID, -E, -EAN, *s. m. MSS.* Vide Tèarmunn.

TÈARMUINN, -IDH, TH, *v. a.* (Tèarmunn). *C. S.* Vide Tèarmunnaich.

TÈARMUNNACH, -AICHE, *adj.* (Tèarmunn), Protecting, belonging to a sanctuary: protegens, defendens. *C. S.*

TÈARMUNNACHD, *s. f. ind. C. S.* Vide Tèarmunn.

TÈARMUNNAICH, -IDH, TH, *v. a.* (Tèarmunn), Protect, defend: tuere, protege, defende. *C. S.*

TÈARMUNNAICHTE, *pret. part. v.* Tèarmunnaich. protected: defensus, protectus. *C. S.*

TÈARMUNNAIR, -E, -EAN, *s. m.* (Tèarmunn, et Fear), A protector, or defender: protector, defensor. *Macf. V.*

TÈARN, } -AIDH, TH, *v. a.* et *n.* (Tèaruinn). 1. Es-
TEÀRN, } cape, evade: evade, effuge. *C. S.* 2. Rescue, save: recupera, serva, a periculo eripe. " *Teàrnadh* iad thu o na nithibh a tha gu teachd ort." *Isài.* xlvii. 13. Let them save thee from the things that are to come upon thee. Servanto te ab illis quæ sunt superventura tibi. 3. Descend: descende. *Stew.* 186.

TEÀRNADH, } -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Teàrn.
TÈARNADH, } 1. Escaping, act of escaping, or evading: evadendi, effugiendi actus. *C. S.* 2. Rescuing, act of rescuing, or saving: a periculo eripiendi, servandi actus. " Cha 'n 'eil eòlas aca-san a ta cur suas fiodha an deilbh shnaidhte, agus a' deanamh ùrnuigh ri dia nach urrainn *tèarnadh*." *Isài.* xlv. 20. They have no knowledge that set up the wood of their graven image, and pray unto a god that cannot save. Non est scientia illis qui erigunt lignum eorum simulacri dolati, et precantur ad deum qui non potest asservare. 3. Descending, act of descending: descendendi actus.

" 'S mithich *tèarnadh* do na gleannaibh,
" O 'n tha gruaman air na beannaibh."

Macinty. 34.

It is time to descend to the valleys, since there is gloom upon the mountains. Tempus est descendere ad convalles, enim est obscuritas circa montes.

TEÀRNTA, } *pret. part. v.* Teàrn. Saved, rescued:
TÈARNTA, } servatus, a periculo abreptus. *C. S.*

TEÀRR, -ARRA, *s. f.* Tar, pitch: pix liquida. *Macf. V.* et *C. S. Arm.* Ter.

TEÀRR, -AIDH, TH, *v. a.* (Teàrr), Tar, run over, or mark with tar: pice illine, vel obsigna.

TEARRADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Teàrr. 1. Daubing, act of daubing, or marking with tar: pice liquida illinendi, vel obsignandi actus. 2.

A tar mark on the wool of sheep: pice liquida signum in ovium vellus. *C. S.*

TEARRAID, -E, -EAN, *s. m. Macf. V.* Vide Earraid.

TÈARUINN, -IDH, et TÈARNAIDH, TH, *v. a.* et *n. C. S.* Vide Tèarn.

TÈARUINTE, *adj.* et *pret. part. v.* Tèaruinn. 1. Safe: tutus. *C. S.* 2. Saved, rescued: servatus, a periculo ereptus. *C. S.*

TÈARUINTEACH, -EICHE, *adj.* (Tearuinn). 1. Secure, confident of security: securus. *C. S.* 2. Protecting, saving: a periculo eripiens, servans. *C. S.*

TÈARUINTEACHD, *s. f. ind.* Security, safety: securitas. *C. S.*

TEAS, *s. m. ind.* Heat, warmth: æstus, calor, caliditas.

" 'S cha 'n fholuichear o *theas* na gréin',
" Aon ni 's a' chruinne ta."
Salm. xix. 6.

TRUAIGH-MHEILE, *s. f. ind.* (Truaigh, et Meil, *v.*) Compassion, pity: clementia, misericordia. *Llh.* et *C. S.*

TRUAIGH-MHEILEACH, -EICHE, *adj.* (Truaigh-mheile,) Compassionate, pitiful: misericors, clemens. *C. S.*

TRUAILL, -E, -EAN, *s. f.* 1. A sheath, or scabbard: vagina, theca. "Ghlac e a chlaidheamh, agus tharruing e as a *thruaill* e." 1 *Sam.* xvii. 51. He took his sword, and drew it out of its sheath. Arripuit ejus gladium, et eduxit ex ejus vaginam illum.

* Truaill, -e, -ean, *s. f.* 1. A body, or carcase: corpus, cadaver. *Llh.* et *O'R.* 2. Corruption: pollutio, fœdatio. *O'R.*

TRUAILL, -IDH, THR, *v. a.* 1. Pollute, defile: fœda, contamina, pollue, inquina. "*Thruaill* e an rìoghachd, agus a daoine urramach." *Tuir.* ii. 2. He hath polluted the kingdom and its princes. Polluit regnum et ejus homines excelsos. 2. Violate, ravish: stupra. *Gen.* xxxiv. 5. 3. Unhallow, profane: profana. "Ni mò a *thruailleas* e ionad naomh a Dhé." *Lebh.* xxi. 12. Neither shall he profane the holy place of his God. Neque profanet locum sanctum sui Dei.

TRUAILLEACHD, *s. f. ind. MSS.* Vide Truaillidheachd.

TRUAILLEADH, -IDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Truaill. 1. Polluting, act of polluting, or defiling: polluendi, contaminandi, inquinandi actus. *C. S.* 2. Profaning, act of profaning: profanandi actus. *C. S.*

TRUAILLIDH, -E, *adj.* 1. Corrupt, corrupted, polluted, unclean, defiled: vitiatus, maculatus, impurus. "Agus bha 'n talamh *truaillidh* am fianuis Dé." *Gen.* vi. 11. And the earth was corrupt before God. Et fuit terra corrupta coram Deo. 2. Corrupting, that corrupts, defiles, or pollutes: pol-

luens, fœdans. *C. S.* 3. Rotten, rotted: putridus, putrefactus. *C. S.*

TRUAILLIDHEACHD, *s. f. ind.* (Truaillidh), Pollution, rottenness: pollutio, putrefactio, putredo. "Cha leig thu le t' aon naomh *truaillidheachd* fhaicinn." *Salm.* xvi. 10. Thou wilt not allow thine holy one to see corruption. Non sines tuo sancto corruptionem videre.

TRUAILLTE, *pret. part. v.* Truaill. 1. Defiled, corrupted, polluted: pollutus, fœdatus, inquinatus, corruptus. *C. S.* 2. Violated, ravished: stupratus. *C. S.* 3. Profaned: profanatus. *C. S.*

TRUAS, -UAIS, *s.m.* (i.e. Truaghas), Pity, ruth, compassion: misericordia. "Cha ghabh do shùil *truas* riu." *Deut.* vii. 16. Thine eye shall not have pity upon them. Ne parcito tuus oculus illis, (*lit.* ne adhibeat misericordiam). *Arm.* Truez.

TRUASACHADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Truasaich. Pitying, act of pitying: misericordiam adhibendi actus. *C. S.*

TRUASAICH, -IDH, THR, *v. n.* (Truas), Pity, compassionate, take pity upon: miserere, alicui misericordiam adhibe. "*Truasaich* orm." *C. S.* Have pity upon me. Miserere mei.

TRUASAIL, -E, *adj.* (Truas). 1. Compassionate, pitying: misericors, ad misericordiam adhibendam proclivis. *C. S.* 2. Pitiable: miserandus. *C. S.*

TRUASALACHD, *s. f. ind.* (Truasail). 1. A readiness to pity, or shew compassion: ad misericordiam adhibendam proclivitas. *C. S.* 2. Pitiableness: qualitas rei miserandæ. *C. S.*

TRUDAIR, -E, -EAN, *s. m.* 1. A stammerer: balbus quis. *Llh.* 2. A dirty, or worthless fellow: homo vilis, fœdatus. *C. S.* 3. An obscene fellow: impudicus, impurus quis. *C. S.*

TRUDAIREACHD, *s. f. ind.* (Trudair). 1. Dirtiness, filthiness, nastiness: spurcities, immundities. *C. S.* 2. Meanness, worthlessness: vilitas. *C. S.* 3. Obscenity, impurity: obscœnitas, impuritas. *C. S.*

TRUDAR, -AIR, -AN, *s. m. C. S.* Vide Trusdar.

TRUID, *gen.* of Trod, q. vide.

TRUID, -E, -EAN, et -AN, *s. f. C. S.* Vide TRUIDEAG, -EIG, Druid, *s.*

TRÙILLEACH, -ICH, *s. m.* et *f.* 1. A dirty, or base person: spurcus vel vilis quis, vel quæ. *C. S.* 2. Filthy food: cibus lutulentus. *C. S. Arm.* Truill.

TRUIME, *gen.* of Trom, *s.* q. vide.

TRUIME, *compar.* of Trom, *adj.* q. vide.

TRUIME, *s. f. ind.* (Trom), Weight, heaviness: gravitas, pondus. *C. S.* Vide Trom.

TRUIMEAD, -EID, *s. m.* (Trom), Heaviness, degree of heaviness or weight: gravitatis gradus. Vide Trom.

TRUIS, -IDH, THR, *v. a.* 1. Tear, or snatch away: arripe, subitò aufer. *C. S.* 2. Truss up, collect the clothes: cinge, succinge vestes. *C. S.*

TRUIS, *interj.* A word by which dogs are called, silenced, or driven away: vox canes compellandi, ad eos vocandum, pacandum, vel abigendum. *C. S.*

TRUIS-BHRÀGHAID, -E, et -EAN-BRÀGHAD, *s. f.* (Truis. et Bràghad), A necklace: monile. *Macf. V.*

TRUISEALACHADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Truisealadh, Truisealaich. Act of tucking up the clothes: vestes constringendi, vel accingendi actus. *C. S.*

TPUISEALAICH, -IDH, -THR, *v. a.* Tuck up, or gird the clothes: vestes accinge, vel constringe. *C. S.*

TRUMACHADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Trumaich. *C. S.* Vide Tromachadh.

TRUMADAS, -AIS, *s. m. C. S.* Vide mromadas.

TRUMAICH, -IDH, THR, *v. a. C. S.* Vide Tromaich.

TRUMPA, -ACHAN, *s. f. C. S.* Vide Trompa.

TRUMPADAIR, -E, -EAN, *s. m.* Vide Trompadair.

TRÙP, -A, -AN, -EACH, *s. m.* A troop of TRÙPEACH, horse: equitum turma. *C. S. Fr.* Troupe. *Germ.* Tropp, Trupp. *Wacht. Wel.* Torf, Tyrfa. *Belg.* Trop. *Ital.* Truppa. *Span.* Tropa. *Basq.* Tropa. *Larram.*

TRÙPAIR, -E, -EAN, *s. m.* (Trùp, et Fear), A trooper: eques. *C. S.*

TRUS, -AIDH, THR, *v. a.* 1. Truss, or tuck up, gather, gird: collige, cinge, succinge. *C. S.* 2. Bundle together: fasciatim collige. *C. S.* 3. Collect, as sheep: collige, ut oves. *C. S.*

TRUS, *interj.* Trus a mach! Begone! get away! abesto! *C. S.*

TRUS, -UIS, -AN, *s. m.* A girdle, girth: cingulum, *O'R.*

TRUSACH, -AICH, EAN, *s. f.* (Trus, *v.*) A sheaf: frumenti fascis. *O'R. Wel.* Trwsa.

TRUSACH, -AICHE, *adj.* (Trus, *v.*) That gathereth, gathering: colligens. *C. S.*

TRUSADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Trus. Gathering, act of gathering, or collecting, tucking, girding, trussing, or bundling: cingendi, accingendi, colligendi, fasciatim colligendi actus. *C. S.*

TRUSAICHE, -EAN, *s. m.* (Trus, *v.*) A gatherer, one who gathers or collects: collector. *C. S.*

TRUS-ÀITE, -EAN, *s. m.* (Trus, et Àit), A wardrobe: vestiarium. *O'R.* et *C. S.*

TRUSCAN, -AIN, -AN, *s. m. C. S.* Vide Trusgan.

TRUSDAR, -AIR, -AN, *s. m.* 1. A filthy, or nasty fellow: spurcus, immundus quis. *C. S.* 2. Filth, dirt: lutum, spurcities. *Macinty.* 61.

TRUSGAN, -AIN, -AN, *s. m.* (Trus). 1. Clothes, a suit of clothes: vestis, vestimentum. *C. S.* 2. A garment, any piece of dress: vestis, indumentum. "Chunnaic e an sin duine aig nach robh *trusgan* na bainnse uime." *Mat.* xxii. 11. He saw there a man who had not on the wedding garment. Vidit illic hominem cui non fuit vestis nuptialis.

* TRUTH, -A, -AN, *s. m.* A sloven, a beast: homo sordidus. *O'R.*

TRUTHAIR, -E, -EAN, *s. m.* A traitor, a villain: proditor, scelestus. *C. S. Arm.* Trubar, Trubart. *Fr.* Traitre. *Scot.* Truker. *Jam.*

TRUTHAIREACHD, *s. f.* (Truthair), Villany: scelus, proditio. *C. S.*

TU, *pers. pron.* Thou, you: tu.

"Is gabhaidh *tu* mi steach fadheòidh
"A' d' àros ghlòrmhor féin."
Salm. lxxiii. 24.

And thou wilt receive me finally into thine own

glorious abode. Et accipies me intrà postremò ad tuum domicilium inclytum. Only used in the nominative case: in nominativo casu "Tu" tantum usurpatur. *Emph.* Tusa. Vide Thu, et Thusa.

TUADH, -UAIDH, } -AN, *s. f.* A hatchet, or axe: se-
TUAGH, -UAIGH, } curis. "Le *'thuaghaibh* brisidh e siòs do bhàbhuinn." *Esec.* xxvi. 9. With his axes he shall break down thy bulwarks. Securibus suis, demoliet tuas munitiones. "Tuaghchatha." *C. S.* A battle-axe: bipennis. "Tuaghfhola." *Macf. V.* A fleam, an instrument for bleeding cattle, or horses: instrumentum ferreum ad pecudum, vel equorum venam pertundendam.

TUAICHEAL, -EIL, -AN, *s. m.* (Tuathal), A dizziness: vertigo. *C. S.*

TUAICHEALACH, -AICHE, *adj.* (Tuaicheal). 1. Dizzy, having a dizziness of the head: vertigine affectus. *C. S.* 2. Causing dizziness: vertiginem afferens. *C. S.*

TUAILEAS, -EIS, -AN, *s. m.* Reproach, a slander, calumny: opprobrium, calumnia. "Is amhuil sin is còir do na mnàibh bhi suidhichte, gun bhi 'n an luchd-*tuaileis*." 1 *Tim.* iii. 11. Even so ought the women to be grave, not slanderers. Sic necesse est mulieribus (istis) esse constantibus, non calumniatricibus.

TUAILEASACH, -EICHE, *adj.* (Tuaileas), Reproachful, calumnious, dealing in calumnies, or scandal: calumnians, ad calumnias, vel opprobria promulgandum proclivis. *C. S.*

TUAILEASAG, -AIG, -AN, *s. f.* (Tuaileas). 1. A scolding woman: mulier rixosa. *Macf. V.* 2. A woman fond of retailing, or raising scandals: mulier calumnias vel opprobria excitare, vel promulgare gaudens. *C. S.*

TUAILT, -E, -EAN, *s. f.* *Macf. V.* Vide Tubhailt.

TUAINEAL, -EIL, -AN, *s. m.* (Tuath, et Neul), A stupor, or dizziness, such as produced by a blow on the head: vertigo quasi ictu in caput inducta. *C. S.*

TUAINEALACH, -AICHE, *adj.* (Tuaineal). 1. Dizzy: vertigine affectus. *C. S.* 2. Causing dizziness: vertiginem afferens. *C. S.*

TUAINEALAICH, -E, *s. f.* (Tuaineal), Giddiness, dizziness: vertigo. *C. S.*

TUAIREAM, -EIM, -AN. 1. A guess, conjecture: conjectura. *C. S.* 2. An aim, or design: conatus, conamen. *C. S.* 3. Vicinity, nearness: vicinitas, propinquitudo.

"Tri choin sheanga leum m' a *thuaiream*."
S. D. 128.

Three slender hounds leaping around him. Tribus canibus gracilibus insilientibus circa illum, *lit.* circa ejus propinquitatem.

TUAIREAP, -EIP, -AN *s. m.* 1. Turbulence, confusion: turbulentia, turbatio. *C. S.* 2. A fray, or squabble: luctatio, rixa. *C. S.*

TUAIREAPACH, -AICHE, *adj.* (Tuaireap), Turbulent: turbatus, turbulentus. *C. S.*

TUAIREAMACH, -AICHE, *adj.* (Tuairream), Conjectural: conjecturalis. *C. S.*

TUAIRGNEACH, -EICHE, *adj.* (Tuairgneadh). 1. Confused, disturbed: turbatus. *C. S.* 2. Causing confusion, or disturbance: tumultum ciens. *C. S.* 3. Seditious: seditiosus. *C. S.*

TUAIRGNEADH, -IDN, *s. m.* 1. Confusion, disturbance: confusio, tumultus. *C. S.* 2. Sedition: seditio. *C. S*

* Tuairisg, -e, -ean, *s. f.* 1. A symbol, character: symbolum. *O'B.* 2. A notification, account: declaratio. *O'R.*

TUAIRISGEUL, -EIL, -AN, *s. m.* (Tuar, et Sgeul). 1. A detail, a description: enumeratio singularum partium, descriptio, relatio. *C. S.* "Droch *thuairisgeul*." *C. S.* A bad report: infamia. "Tuairisgeul bréige." *C. S.* A false report: rumor mendosus. 2. A slander, defamation, a calumny calumnia. "Oir chuala mi *tuairisgeul* mhòrain." *Ierem.* xx. 10. For I heard the defamation of many. Quia audivi infamem sermonem multorum.

TUAIRISGEULACH, -AICHE, *adj.* (Tuairisgeul). 1. Describing, descriptive, giving a good description: describens, descriptionem dans. *C. S.* 2. Raising calumnies, defaming: infamans, ad infamiam promulgandum proclivis. *C. S.*

TUAIRMEACHD, -AN, *s. f.* *C. S.* et *O'R.* Vide Tuairream.

TUAIRMEACHDACH, -AICHE, *adj.* (Tuairmeachd). *C. S.* Vide Tuaireamach.

TUAIRMSE, -EAN, *s. f.* *C. S.* Vide Tuairream.

* Tuairneadh, -idh, -ean, *s. m.* A foreboding: præsagium. *MSS.*

TUAIRNEAG, -EIG, -AN, *s. f.* 1. Any thing round, a boss: bulla. *MSS.* et *C. S.* 2. A tidy, or neat woman: mulier nitida, vel concinna. *C. S.*

TUAIRNEAGACH, -AICHE, *adj.* (Tuairneag), Neat, tidy: nitidus, concinnus. *C. S.* 2. Roundish, of a round form: formam habens aliquid rotundam. *C. S.*

TUAIRNEAL, -EIL, -AN, *s. m.* (Tuar, et Neul). *Provin.* Vide Tuaineal.

TUAIRNEAN, -EIN, -AN, *s. m.* A mallet, a hammer, a beetle: malleus, tudes. *Llh.* et *O'R.*

TUAIRNEAR, -IR, -AN, *s. m.* A turner: tornator. *Macf. V.* "Beairt *thuairnir*." *C. S.* A turner's loom: tornus.

TUAIRNEARACHD, *s. f. ind.* (Tuairnear). The turner's trade: officium tornatoris. *C. S.*

* Tuairp, -e, -ean, *s. f.* Prophecy: vaticinium. *Bibl. Gloss.*

TUAISD, -E, -EAN, *s. m.* vel *f.* A dolt, a sloven, or slut: hebes, vel spurcus quis, vel quæ. *O'R.* et *Provin.*

TUAISDEACH, -EICHE, *adj.* (Tuaisd), Slovenly, unseemly: sordidus, minimè decorus. *O'R.* et *C. S.*

TUAISDEALACHD, *s. f. ind.* (Tuaisdeil). 1. Stupidity, doltishness: animi hebetudo. *C. S.* 2. Clumsiness, awkwardness: inhabilitas. *C. S.*

TUAISDEAR, -EIR, -AN, (Tuaisd, et Fear). 1. An awkward fellow: inhabilis, vel inconditus quis. *C. S.* 2. A large stick: fustis. *C. S.*

TUAISDEARACHD, *s. f. ind.* (Tuaisdear), Awkwardness, clumsiness: inhabilitas, inconcinnitas. *C. S.*

TUAISDEIL, -E, *adj.* 1. Doltish, stupid: hebes, stu-

pidus. *C. S.* 2. Clumsy, awkward: inhabilis, inconditus. *C. S.*

TUAITHEAL, -EILE, *adj.* (Tuath, et Iùl), Contrary to the course of the sun, to the left, going wrong: præposterus, contra solis cursum flectens, vel flexus, sinister. *C. S.* "Car *tuaitheal*." *C. S.* A wrong turn: sinistra viæ flexio. *Wel.* Twyll. *Gr.* Δολος. *Hebr.* חתל *hetel.*

TUAITHEALACH, -AICHE, *adj.* *C. S.* Id. q. Tuaitheal.

TUAITHEALAN, -AIN, -AN, *s. m.* (Tuaitheal), A wrong, sinister, or ill-doing man: pravus, præposterus, sinister quis. *C. S.*

TUAL, -A, *adj.* *S. D.* Vide Tuaitheal.

TUAL-CHAINNT, -E, -EAN, *s. f.* (Tual, et Cainnt), Gibberish, ıı jargon: sermo absonus, vel inconditus. *Macf. V.*

TUAM, } -AN, *s. f.* A tomb, or grave: tumulus,
TUAMA, } sepulchrum.

"Thig iadsan a mach le sòlas;
"Cha 'n ionann 's luchd-còmhnuidh na h-uaighe,
"Nach gluais le gathaibh na gréine,
"'S nach éirich á codal nan *tuama*.

S. D. 159.

Those shall come forth with joy; not so the inhabitants of the grave, that move not with the rays of the sun, and that rise not from the sleep of the tombs. Prodibunt isti cum lætitia: haud ita et incolæ sepulchri, qui non movent (se) radiis solis, et qui non surgent e somno tumulorum. *Wel.* Twym, et Twmpath. *Dav.* *Gr.* Τυμβος. Vide Tom.

TUAMACH, -AICHE, *adj.* (Tuam). 1. Abounding in graves, or tombs: tumulis vel sepulchris frequens. *C. S.* 2. Of, or belonging to tombs: ad tumulos pertinens. *C. S.* 3. Like a tomb: tumulo similis. *C. S.*

TUAR, -UAIR, *s m.* A colour, hue, look, or appearance: color, aspectus.

"Bha 'eudann mar *thuar* na soillse."

Tem. i. 681.

His face was as the hue of light. Fuit ejus vultus sicut color lucis.

TUAR, -AIR, -AN, *s. m.* Hardship: res ardua. *Macf. V.* *Lat.* Durus.

* Tuar, -uair, -an, *s. m.* 1. A presage, omen, forerunner: augurium. *O'B.* 2. A house: domus. *O'R.* 3. Advantage, profit: commodum, lucrum. *O'R.*

TUARAIL, -E, *adj.* (Tuar). 1. Having a good complexion, hue, or colour: bonum aspectum, vel colorem gerens. *C. S.* 2. Hardy, firm, stout: laboris patiens, firmus, robustus. *C. S.* 3. Having a northern exposure: ad septemptrionem spectans. *Macf. V.*

TUARASDAL, -AIL, -AN, *s. m.* (Tuar, *s.*) Wages, reward, fee, salary, stipend: merces, salarium, stipendium. "Oir is e *tuarasdal* a' pheacaidh am bàs." *Rom.* vii. 23. For the wages of sin is death. Quia est stipendium peccati mors.

TUARASDALACH, -AICH, *s. m.* (Tuarasdal), A hireling: mercenarius. *C. S.*

TUARASDALACHADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Tuarasdalaich. Hiring, act of hiring: conducendi actus. *C. S.*

TUARASDALAICH, -IDH, TH, *v. a.* (Tuarasdal), Hire, engage for a fee: mercede conduc. "*Tuarasdalaichidh* iad òr-cheard." *Isài.* xlvi. 6. They hire a goldsmith. Conducunt mercede aurificem.

TUARASDALAICHTE, *pret. part. v.* Tuarasdalaich. Hired: mercede conductus. *C. S.*

TUARGAN, -AIN, *s. m.* Discontent: offensa, dolor. *O'R.* et *C. S.*

TUARGANACH, -AICHE, *adj.* (Tuargan), Dissatisfied, discontented: minimè contentus. *Macf. V.*

* Tuarganach-catha, *s. m.* A chief commander, generalissimo: militum præfectus, imperator. *O'B.* et *O'R.*

TUARGNADH, -AIDH, -EAN, *s. m.* *C. S.* Id. q. Tuairgneadh.

TUASAID, -E, -EAN, *s. f.* 1. A tumult, a quarrel: turba, contentio, rixa. *C. S.* 2. Sedition: seditio. *C. S.* *Germ.* Twist. *Wacht.* *Angl.* Twist.

TUASAIDEACH, -EICHE, *adj.* (Tuasaid). 1. Quarrelsome, tumultuous, riotous: tumultuosus, rixosus. *Voc.* et *C. S.* 2. Seditious: seditiosus. *C. S.*

TUASGAIL, -IDH, TH, *v. a.* *Provin.* Vide Fuasgail.

TUASGAILLTE, *adj.* et *pret. v.* Tuasgail. *Provin.* Vide Fuasgailte.

TUATH, *adj.* (Tuath, *s.*) North, northern: aquilonalis, septentrionalis. "Cuiridh tu am bòrd air an taobh *tuath*." *Ecs.* xxvi. 35. Thou shalt put the table on the north side. Collocabis mensam ad latus aquilonale. "An àirde *tuath*." *Iob.* xxvi. 7. The north: plaga cœli septentrionalis. "Gu tuath." *adv.* Northward: versus septentrionale. "Á tuath." *adv.* From the north: è septentrionali.

TUATH, -A, *s. f. coll.* Tenantry, peasantry, country people, husbandmen: gens rustica vel agrestis, agricolæ.

"Sud an teaghlach dha 'm b' àbhaist
"Bhi 'n an tàbhairn aig uaislibh,
"A' sìor leasach' an fhearainn,
"Gun bhonn gearain aig *tuath* orr'."

Stew. 106.

That was the family that was wont to be the resort of nobles; always improving the land, without (the) tenantry having any complaint of them. Ista familia cui fuit consuetudo esse loco frequentato primoribus; quotidie augens (reditum) terræ, sine ulla querimonia apud agricolas de illa. "An tuath." *C. S.* The tenantry: gens rustica. "Tuath-cheathairn." *C. S.* *Id. et* Tuath. *Wel.* Tûd, terra. *Dav.* *Arm.* Tûd, gens. *Germ.* Teut, terra, et Teut, gens, populus, vulgus. *Wacht.* *A. Sax.* Theod. *Isl.* Thiot.

TUATHACH, -AICHE, *adj.* (Tuath, *s.*) 1. Having many tenants, or tenantry: gentem agrestem multam vel numerosam habens. *C. S.* 2. Of or belonging to the tenantry: ad gentem agrestem pertinens. *C. S.*

TUATHACH, -AICH, *s. m.* (Tuath), A north country-

man: arcticus quis, vel e plaga septentrionali quadam profectus. *C. S.*

TUATHACH, -AICHE, *adj.* (Tuath, *adj.*) Northerly: ad septentrionale versus. *Stew.* 103.

* Tuathachd, *s. f. ind.* (Tuath). Sovereignty, a lordship: dominatus, principatus. *Macf. V.*

TUATHAIR, -E, -EAN, *s. f.* (Tuath), A northern exposure: regionis aspectus ad septentrionale versus. *Macf. V.*

* Tuathal, -aile, *adj. Macf. V.* Vide Tuaitheal.

TUATHANACH, -AICH, *s. m.* A farmer, rustic, peasant: agricola, armentarius, rusticus, ruricola. *C. S.*

TUATHANACHAS, -AIS, *s. f.* (Tuathanach), Farming: agricultura. *C. S.*

TUATHANAS,

TUBA, -ACHAN, et -ANNAN, *s. f.* A tub, or vat: dolium, cadus. *C. S.*

TUBAG, -AIG, -AN, *s. f. dim.* of Tuba. A little tub, or vat: dolium minus. *C. S.* "Tubag-shilidh," *vel* "Tubag-leigidh." *C. S.* A dropping tub, that into which liquor drops, in distillation: dolium in quod stillat liquor inter distillandum.

TUBAIST, -E, -EAN, *s. f.* 1. A misfortune, a mischance, or mischief: infortunium, casus infelix, malum. *C. S.* 2. An accident: casus. *C. S.*

TUBAISTEACH, -EICHE, *adj.* (Tubaist). 1. Unlucky, unfortunate: infelix, infaustus. *Voc.* et *C. S.* 2. Accidental: fortuitus. *C. S.*

TUBAISTEACHD, *s. f. ind.* (Tubaisteach), An unfortunate occurrence: infortunium. *C. S.* et *O'R.*

TUBAN, -AIN, -AN, *s. m.* A tuft of wool, or flax on the distaff: lanæ vel lini crista in colo. *C. S.*

TUBANACH, -AICHE, *adj.* (Tuban), Having many tufts of wool, or lint: cristas multas lanæ vel lini habens. *C. S.*

TUBH, -AIDH, TH, *v. a.* Thatch: culmis, erica, vel cespitibus casam tege. *C. S. Wel.* Toi. *Dav. Scot.* Duvet: a thin sod for thatching.

TUBHADAIR, -E, -EAN, *s. m.* (Tubhadh, et Fear), A thatcher: qui casas culmis tegere solet. *C. S.*

TUBHADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Tubh. 1. Thatching, act of thatching: culmis, erica vel cespitibus casam tegendi actus. *C. S.* 2. Thatch: culmus, stipula. *C. S.*

TUBHAILT, -E, -EAN, *s. f.* A towel, or hand-towel: mantile. *C. S.* "Tubhailt-bùird." *C. S.* A table-cloth: mappa. *Wacht. Fr.* Toaille. *Germ.* Zewele. *Belg.* Dwail, Dweil. *Ital.* Tovaglia. *Span.* Toalla.

TUBHTA, *pret. part. v.* Tubh. Thatched, covered with thatch: culmis, stipulis, ericâ vel cespitibus tectus, de casis. *C. S.*

TÙCADAIR, -E, -EAN, *s. m. MSS.* Vide Fucadair.

TÙCH, -AIDH, -TH, *v. a.* et *n.* 1. Stop, shut, smother: claude, impedi, suffoca, extingue. *C. S.* 2. Become hoarse: irraucesce. *C. S.*

TÙCHACH, -AICHE, *adj.* (Tùch), Causing hoarseness: raucitatem provocans. *C. S.*

TÙCHADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Tùch. 1. Stopping, act of stopping, shutting, or covering as with a lid: impediendi, suffocandi, extinguendi actus. *C. S.* 2. State of becoming hoarse: irrausesendi status. *C. S.* 3. Hoarseness: raucitas. *C. S.*

TÙCHAN, -AIN, *s. m.* (Tùch), The cooing of the dove: vox columbæ. *C. S.* "Calman tùchain." *C. S.* Turtle dove: turtur. 2. Hoarseness: raucitas. *C. S. Wel.* Teuchan.

TÙCHANACH, -AICHE, *adj.* (Tùchan). 1. Hoarse: raucus. *C. S.* 2. Causing hoarseness: raucitatem provocans. *C. S.*

TUDAN, -AIN, -AN, *s. m.* A small heap; a small stack of corn, or hay: acervus parvus, fœni vel segetum demessarum meta. *O'R.* et *C. S.*

TUDANACH, -AICHE, *adj.* (Tudan), Abounding in small stacks of hay, or corn: fœni vel frumenti metis frequens. *C. S.*

TUG, *i. e.* Thug, q. vide, et Thoir, et Tabhair.

TUGAIDEAN, *s. pl.* Witticisms, facetiousness: facetiæ. *Provin.*

TUGAIDEACH, -EICHE, *adj.* (Tugaidean), Jocose: jocosus, facetus. *Provin.*

TUGH, -AIDH, TH, *v. a. C. S.* Vide Tubh.

TUIG, -IDH, TH, *v. a.* et *n.* Understand, discern, perceive: intellige, percipe. "An sin *tuigidh* tu eagal an Tighearn." *Gnà.* ii. 5. Then shalt thou understand the fear of the Lord. Tunc intelliges reverentiam Domini Dei.

TUIGSE, *s. f. ind.* (Tuig), Understanding, reason, knowledge, sense: intellectum, scientia, vis rationalis, sensus. "As a bheul thig eòlas agus *tuigse*." *Gnà.* ii. 6. From his mouth proceed knowledge and understanding. Ex ejus ore prodeunt scientia et intelligentia.

TUIGSEACH, -EICHE, *adj.* (Tuigse,) Understanding, intelligent, sensible, wise: prudens, sapiens. "Neach a bha maille ri Sergius Paulus an t-uachdaran, duine *tuigseach*." *Gnìomh.* xiii. 7. Who was with the ruler, Sergius Paulus, a prudent man. Qui fuit cum Sergio Paulo gubernatore, viro prudente.

TUIGSINN, *s. f. ind.* et *pres. part. v.* Tuig. Understanding, act of understanding, comprehending discerning, or perceiving: intelligendi, percipiendi actus. "Am bheil thu a' *tuigsinn* nan nithe a tha thu a' leughadh?" *Ierem.* viii. 29. Understandest thou what thou readest? Intelligisne ista quæ legis?

TUIGSINNEACH, -EICHE, *adj.* (Tuigsinn). *C. S.* Id. q. Tuigseach.

TUIL, -E, -EAN, et -LTEAN, *s. f.* A flood, a deluge: diluvium, inundatio. "Na rachadh *tuil* nan uisge tharum." *Salm.* lxix. 15. Let not the flood of the waters come over me. Ne transeat me diluvium aquarum. "An tuil ruadh." *C. S.* Noah's flood: Noachi diluvium, (*lit.* diluvium rubrum).

TUIL-BHEUM, -ÉIM, -AN, *s. m.* (Tuil, et Beum), A torrent: torrens. *Voc.* et *C. S.*

TUILBHEUMACH, -AICHE, *adj.* (Tuil-bheum), Rushing as a torrent: irruptus, irruens quasi torrens. *C. S.*

TUIL-DHORAS, -AIS, -DHORSAN, *s. m.* (Tuil, et Dorus), A flood-gate: cataracta. *Macf. V.*

TUILEACH, -EICHE, *adj.* (Tuil), Like a flood, deluging: diluvio similis, inundans. *C. S.*

TUILEACHADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Tuilich.

A flooding, a deluging, act of deluging: inundandi actus. *C. S.*

TUILICH, -IDH, TH, *v. a.* et *n.* (Tuil), Overflow, deluge: inunda, exunda. *C. S.*

TUILL, *pl.* of Toll, q. vide.

TUILLE, } *s. m.* More, an addition, an additional
TUILLEADH, } quantity, or number: plus, numerus additus, vel quantitas addita. "Fhuair mi *tuilleadh* gliocais na iadsan uile a bha romham ann an Ierusalem." *Ecl.* i. 16. I have gotten more wisdom than they all that have been before me in Jerusalem. Adeptus sum plus sapientiæ quam illi omnes qui fuerunt ante me in Hierosolyma.

TUILLE, } *adv.* More, any more, further: am-
TUILLEADH, } pliùs. "Cha sgriosar gach uile fheòil *tuille* le h-uisgibh na dìle." *Gen.* ix. 11. All flesh shall not be destroyed any more by the waters of the flood. Non exscindetur quæque omnis caro ampliùs aquis diluvii. "Tuille fòs." *conj.* Moreover: præterea, insuper. "Tuille eile." *conj. id.* q. Tuille fòs.

TUILM, *gen.* of Tolm, q. vide.

TUILTE, } *pl.* of Tuil, q. vide.
TUILTEAN, }

TUILTEACH, -EICHE, *adj.* (Tuil), That floods, or covers with water, overflowing: inundans. *C. S.*

TUILTEACH, -ICH, -EAN, *s. m.* (Tuil). *C. S.* Id. q. Tuil.

TUIMHSEACH, -EICHE, *adj.* (Tuimhseadh), Beating, striking, thumping: percutiens, allidens. *C. S.*

TUIMHSEACHADH, } -IDH, *s. m.* et *pres. part. v.*
TUIMHSEADH, } Tuimhsich. Beating, act of beating, striking, or thumping: verberandi, percutiendi, allidendi actus. *C. S.*

TUIMHSEADH, -IDH, -EAN, *s. m.* A blow, a thump: ictus, alapa, plaga. *C. S. Scot.* Dush, et Dushing.

TUIMHSICH, -IDH, TH, *v. a.* (Tuimhseach), Beat, strike, thump: verbera, percute, allide. *C. S.*

TUIMHSICHTE, *pret. part. v.* Tuimhsich. Beaten, struck, thumped: verberatus, percussus, allisus. *C. S.*

TUINEACH, -ICH, -EAN, *s. m.* 1. A dwelling, lodging, or abode, a place of rest: sedes, habitatio. *C. S.* 2. A resort: locus frequentatus. *C. S.* 3. A resident: qui commoratur. *C. S.* 4. A lodger: hospes. *C. S.*

TUINEACHADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Tuinich. 1. Dwelling, act, or state of dwelling: habitandi, incolendi actus vel status. *C. S.* 2. Resorting, act of resorting, or frequenting: frequentandi actus. *C. S.*

TUINEACHAS, -AIS, *s. m.* (Tuineach). 1. A sojourning, a sojourn: peregrinatio. *C. S.* 2. A dwelling: domicilium, habitatio, sedes. *C. S.*

TUINEADH, -IDH, *s. m.* An abode, a place of residence, a possession: domicilium. *C. S.*

TUINEAS, -EIS, *s. m.* *C. S.* Id. q. Tuineachas.

TUINICH, -IDH, TH, *v. n.* 1. Sojourn: peregrina. *C. S.* 2. Dwell: mane, commorare. *Gill.* 186. 3. Frequent, resort to: frequenta. *C. S.*

TUINIDH, -E, -EAN, *s. f.* *C. S.* Vide Tuineadh.

TUINN, } *gen.* et *pl.* of Tonn, q. vide.
TUINNE, }

* Tuinneamh, -eimh, *s. f.* Death: mors. *Llh.*

TUINNEASACH, -EICAE, *adj.* (Tuinneamh), Deathful, causing death: lethiferus. *Stew. Glos.*

TUINNIDH, -E, *adj.* Hard, firm: durus, firmus. *Ross. Salm.* cxxxvii. 9.

TUIR, -IDH, TH, *v. a.* 1. Relate, rehearse: enumera, refer. "Theirgeadh mo dheòir na 'n *tuirinn* gach ànradh." *S. D.* 72. My tears would fail, if I related every disaster. Deficerent meæ lachrymæ si referrem quamque miseriam. 2. Mourn, deplore: luge, plora. *C. S.* 3. Weep: fle. *C. S.*

TUIREADH, -IDH, -EAN, et TUIREANNAN, *s. m.* et *pres. part. v.* Tuir. 1. Relating, act of relating, or rehearsing: enumerandi, referrendi actus. *C. S.* 2. Mourning, act of mourning, deploring, or lamenting: lugendi, plorandi actus. *C. S.* 3. Weeping, act of weeping: flendi actus. *C. S.* 4. A lament, a lamentation: lamentatio. "Rinn Ieremiah *tuireadh* air son Iosiah." 2 *Eachdr.* xxxv. 25. Jeremiah lamented for Josiah. Fecit Jeremiah lamentationem pro Josiah. 5. A dirge, an elegy: nænia, elegia. *C. S.*

TUIREANN, -EINN, -AN, *s. m.* A spark of fire from an anvil: ex incude scintilla. *Macf. V.*

TUIREANNAN, *pl.* of Tuireadh, q. vide.

TUIREASG, -ISG, -AN, *s. m.* A saw: serra. "An àrdaich an *tuireasg* e féin an aghaidh an fhir a ta 'g a iomairt?" *Isài.* x. 15. Shall the saw magnify itself against him that shaketh it? An magnificabit serra se contra illum qui eam agitat?

TUIREASGACH, -AICHE, *adj.* (Tuireasg). 1. That saweth: serrans, qui serrat. *C. S.* 2. Furnished with saws: serris instructus. *C. S.* 3. Like a saw: serræ similis. *C. S.*

TUIRL, -IDH, TH, *v. n.* Descend, descend suddenly, or with a noise: descende, subitò vel cum strepitu descende.

"*Tuirlibh*, O thaibhse nan nial,
"O ionadaibh fial nam flath;
"*Tuirlibh* air ghlas-sgiathaibh 'ur ceò,
"Is glacaibh mo dheò gun athadh."

S. D. 38.

Descend, O ghosts of the clouds, from the hospitable abode of chieftains; descend, on the grey wings of your mist, and seize my breath (spirit) without fear. Descendite, O spiritus nubium, ab locis hospitalibus principum; descendite super canas alas vestræ nebulæ, et prehendite meam animam absque timore. *Angl.* Hurl.

TUIRLIN, } *s. f. ind.* et *pres. part. v.* Tuirl. 1.
TUIRLING, } Descending, act of descending quickly, or with a noise: descendendi subitò, vel cum strepitu actus.

"Co so *tuirling* o 'n cheò?"

S. D. 30.

Who is this descending from the mist? Quisnam hic descendens ab nebula? 2. A descent: descensus. *C. S.*

TUIRLING, -IDH, TH, *v. n.* *C. S.* Id. q. Tuirl.

TUIRSE, *s. f. ind.* (Tuir, *v.*) Sadness, melancholy, mourning, sorrow: tristitia, lamentatio, mœror.

" 'S mòr fâth mo *thuirse* féin."
S. D. 122.
Great is the cause of my own sorrow. Est magna causa meæ tristitiæ ipsius.

TUIRSEACH, -EICHE, *adj.* (Tuirse), Sad, mournful, sorrowful: tristis, mœstus.
" 'S *tuirseach* gach là mi 's is cràiteach gach oidhche." *Stew.* 542.
Mournful am I each day, and pained each night. Mœstus sum quoque die, et cruciatus quaque nocte.

TUIRSNEADH, -IDH, *s. m. MSS.* et *Provin.* Vide Tuirse.

TÙIS, -E, -EAN, *s. f.* 1. Incense, frankincense: thus. " Cuiridh iad *tùis* fa d' chomhair." *Deut.* xxxiii. 10. They shall set incense before thee. Apponent thus coram te. 2. A jewel: gemma. *Llh.*

TÙISEAR, -IR, -AN, et -EAN, *s. m.* (Tùis, et Fear), A censer: thuribulum. " Gabhaibh dhuibh féin *tùis-eirean*." *Air.* xvi. 6. Take unto yourselves censers. Sumite vobis thuribula.

TUISILL, -IDH, et -LIDH, TH, *v. n. C. S.* Vide Tuislich.

TUISLEACH, -EICHE, *adj.* (Tuisill). 1. Stumbling, that stumbles: titubans. *C. S.* 2. Causing to stumble: titubationem afferens. *C. S.* 3. Ready to stumble: ad titubandum proclivis. *C. S.* 4. Accidental: fortuitus. *C. S.*

TUISLEACHADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Tuislich. *C. S.* Vide Tuisleadh.

TUISLEADH, -IDH, -EAN, *s. m.* et *pres. part. v.* Tuislich. 1. A stumble, or stumbling: offensa, titubatio, offensiuncula. " Roimh 'n dall cha chuir thu ceap-*tuislidh*." *Lebh.* xix. 14. Before the blind thou shalt not put a stumbling block. Ante cæcum ne ponas offendiculum. 2. An accident: casus fortuitus. *C. S.* 3. An offence: offensio. *C. S.* 4. Stumbling, act of stumbling: titubandi actus. *C. S.* 5. A delivery, a bringing forth: puerperium. *Macf. V.*

TUISLICH, -IDH, TH, *v. n.* (Tuisleadh). 1. Stumble, slip, fall: tituba, cade, decide. " Tha iadsan a *thuislich* air an crioslachadh le neart." 1 *Sam.* ii. 4. They that stumbled are girded with strength. Sunt illi qui titubaverunt cincti robore. 2. Commit a fault, or tresspass, err: erra, culpam committe, delinque. *C. S.* 3. Bear, bring forth: pare. *C. S.*

TUISLICHTE, *pret. part. v.* Tuislich. 1. Stumbled, fallen: titubatus, decisus. *C. S.* 2. Delivered: enixa. *C. S.*

TUISMEACH, -EICHE, *adj. MSS.* et *Provin.* Vide Tuisleach.

TUISMICH, -IDH, TH, *v. n. MSS.* et *Provin.* Vide Tuislich.

TUIT, -IDH, TH, *v. n.* 1. Fall: labere, cade, concide. " *Tuitidh* balla a' bhaile siòs o 'bhunadh." *Ios.* vi. 5. The wall of the city shall fall down from its foundation. Concidet murus urbis a suo fundo. 2. Happen, befal: accide, eveni. " *Thuit* dhomh." *C. S.* It happened to me. Evenit mihi. 3. Set, as the sun: occide, quasi sol. *C. S.* Hoc sensu, id. q. Luidh.

TUITEAM, -EIM, -AN, *s. m.* et *pres. part. v.* Tuit. 1. Falling, act of falling: cadendi, labendi, decidendi actus. " Esan a bha *tuiteam*, chum do bhriathra suas." *Iòb.* iv. 4. Him that was falling thy words have upholden. Illum qui erat labens, confirmabant tui sermones. 2. A fall: casus, lapsus. " Thuit e, agus bu mhòr a *thuiteam*." *Mat.* vii. 27. It fell, and great was the fall thereof. Cecidit, et fuit magnus ejus casus. 3. A chance: casus. *C. S.*

TUITEAMACH, -AICHE, *adj.* (Tuiteam). 1. That falleth, falling: cadens, labens, decidens. *C. S.* 2. Apt, or ready to fall: ad cadendum proclivis. *C. S.* " An tinneas tuiteamach." *C. S.* The falling sickness: epilepsia. 3. Accidental, casual: fortuitus, contingens. *C. S.*

TUITEAMACHD, *ind.* } *s. m.* et *f.* (Tuiteamach). 1.
TUITEAMAS, -AIS, } Contingence, a chance: casus fortuitus. *Voc.* et *O'R.* 2. A fall: lapsus. *C. S.* 3. An occurrence, an event: eventus. *C. S.*

TUL, *pref.* (Uile), Signifying, entirely, wholly, completely: vox alii præfixa quasi dicitur, prorsus, omninò, penitùs. " Breug." A lie: mendacium. " Tul-bhreug." A perfect falsehood: mendacium prorsùs mendax.

TULA, } -AICH, et -EAN, *s. m.* 1. A hillock: col-
TULACH, } liculus. " Bheir na beannta sìth do 'n t-sluagh, agus na *tulaich*." *Salm.* lxxii. 3. The mountains shall bring peace to the people, and the little hills. Proferent montes pacem populo, et colliculi. *Heb.* גִּבְעוֹת *tel.*

TULACHAN, -AIN, -AN, *s. m.* (Tual, et Laoghan). 1. A calf's skin stuffed, and presented to the cow as if living, to cause her give milk: vituli pellis oppleta, et coram vacca adhibita, ut lac præbere alliciatur. *Provin.* 2. A term of ridicule applied to those bishops in the earlier days of the Reformation in Scotland, who retained their title of bishop, and were employed merely in receiving the rents and dues then payable to the lords of the soil: vox contumeliosa in episcopos istos adhibita, qui Scotiâ patriâ tunc a fide Romana solutâ, et episcoporum jure, nomen episcopi retinere volebant, dum vectigalia antea ipsis debita, adhuc quidem soli possessoribus, colligendo, et exigendo, tantùm versari solebant. *C. S. Scot.* Tulchan, et Tulchane bishops. *Jam.* in *Voc.*

TULACHAN, -AIN, -AN, *s. m. dim.* of Tulach. A little hill, or knoll: colliculus exiguus. *C. S.*

TULACHANACH, -AICHE, *adj.* (Tulachan), Abounding in little hills: colliculis minutis frequens. *C. S.*

TULAG, -AIG, -AN, *s. f.* The fish called pollock, or gwyniad: salmo lavaretus. *Linn. Provin.*

TUL-BHREICNEACH, -EICHE, *adj.* (Tul, et Breicneach), Spotted, freckled: maculosus. *Llh.*

TUL-BHREUG, -EIGE, -AN, *s. f.* (Tul, et Breug), A direct lie, or barefaced falsehood: mendacium completum. *C. S.*

TUL-BHREUGACH, -AICHE, *adj.* (Tul, et Breugach), Lying impudently: impudicè mendax. *C. S.*

Tul-bhreugadair, -e, -ean, *s. m.* (Tul, et Breugadair), An impudent liar: improbè mendax quis. *C. S.*

Tulchan, -ain, an, *s. m. C. S.* Vide Tulachan.

Tulchann, } -ainn, -e, -an, et -ean, *s. f.* 1. A
Tulchainn, } house gable: domûs fastigium anterius. *C. S.* 2. A corner: angulus. *MSS.* 3. The back-side: tergum, podex. *C. S.*

Tulchainneach, -eiche, *adj.* (Tulchainn), Gabled, having gables: domûs fastigiis anterioribus instructus. *C. S.*

Tul-chuis, -e, *s. f.* (Tul, et Cùis). 1. Confidence, boldness: confidentia, audacia. *Macf. V.* 2. Perseverance: perseverantia. *C. S.* et *Macf. V.* 3. Acuteness, penetration: sagacitas, perspicacitas. *C. S.*

Tul-chuiseach, -eiche, *adj.* (Tul-chuis). 1. Confident, bold: confidens, audax. *C. S.* 2. Persevering: perseverans. *C. S.* 3. Acute, sagacious, penetrating: sagax, perspicax. *C. S.*

Tulg, -a, -an, *s. f. C. S.* Vide Tolg.

Tulg, -aidh, th, *v. a.* et *n. C. S.* Vide Tolg.

Tulgach, -aiche, *adj. C. S.* Vide Tolgach.

Tulgadh, -aidh, *s. m.* et *pres. part. v.* Tulg. *C. S.* Vide Tolgadh.

Tulman, -ain, -an, *s. m. C. S.* Id. q. Tolman.

Tulmanach, -aiche, *adj. C. S.* Id. q. Tolmanach.

Tul-mhagadh, -aidh, -ean, *s. m.* (Tul, et Magadh), Downright mockery: deridiculum completum. *C. S.*

Tul-radharcach, -aiche, *adj.* (Tul, et Radharc), Provident, foreseeing: providus. *Llh.* et *O'R.*

Tul-radharcachd, *s. f. ind.* (Tul-radharc), Providence, foresight: præscientia. *Llh.* et *C. S.*

Tul-thapadh, -aidh, -ean, *s. m.* (Tul, et Tapadh), A mere chance: casus omnino fortuitus. *C. S.*

Tum, -aidh, th, *v. a.* Dip, plunge, immerse, duck: immerge, in aquam submerge. "*Tumaibh* e 's an fhuil a ta 's an t-soitheach. *Ecs.* xii. 22. Dip it in the blood that is in the bason. Immergite illum in sanguinem qui est in pelvi. *Arm.* Tumpa.

Tumachan, -ain, -an, *s. m.* A dipper: immersor. *O'R.* et *C. S.*

Tumadh, -aidh, -aidhean, *s. m.* et *pres. part. v.* Tum. 1. A dipping: immersio. *C. S.* 2. Dipping, act of dipping: immergendi actus. *C. S.*

Tumair, -e, -ean, *s. m.* (Tum, et Fear), A dipper, or diver: immersor. *C. S.*

Tumta, *pret. part. v.* Tum. Dipped: immersus. *C. S.*

Tunaich, -idh, th, *v. a.* et *n. C. S.* Vide Tuinich.

Tunaidh, -e, -ean, *s. m. Fing.* ii. 92. Vide Tuineadh.

Tunna, -achan, *s. m.* A ton, or tun: pondus quoddam, vel dolium majus. *C. S. Germ.* Tonne. *Fr.* Tonneau.

Tunnadair, -e, -ean, *s. m.* (Tunna, et Fear), A funnel, or filler: infundibulum. *C. S.*

Tunnag, -aig, -an, *s. f.* 1. A duck, or drake: anas. *C. S.* "Tunnag fhiadaich." *C. S.* A wild duck: anas silvestris. 2. A short legged thick-set woman: mulier brevis crassaque. *C. S.*

Tunnagach, -aiche, *adj.* (Tunnag). 1. Abounding in ducks: anatibus frequens. *C. S.* 2. Like a duck: anati similis. *C. S.*

Tùr, -ùir, *s. m.* Sense, understanding, intelligence, penetration, sagacity, genius: sagacitas, genius, indoles.

"Bha na h-uaislean dha dlùth,
"Toirt aire d' a iùl,
"'S iad ag éisdeachd ri *tùr* an t-seòid."
MacGreg. 81.

The nobles were near him, listening to his counsel, observing the intelligence of the hero. Fuerunt proceres juxta eum, attendentes ad ejus consilium, et illis auscultantibus intelligentiam herois. 2. Intention, inclination: consilium, proclivitas. *C. S.*

Tùr, -aidh, th, *v. a.* (Tùr, *s.*), Devise, invent: inveni, finge, confinge. *Ecs.* xxxi. 4. *marg.*

Tùr, -ùir, *s. m.* A tower: turris.

"An ainnir chiùin aig Tuathal treun,
"A dh' fhàg mi 'n talla nan tùr."
Fing. v. 300.

The mild maiden (the daughter) of the brave Tual, whom I left in the hall of towers. Nympha blanda (nata) Tuathale strenuo quam reliqui ego in aula turrium. *Wel.* Twr. *Dav. Arm.* Twred, et Tour. *Swed.* Tor. *Dan.* Tor. *A. Sax.* Tor, et Torr. *Gr.* Τυρος. *Hebr.* טור *tur.*

Tur, *adv. i. e.* "Gu tur." Entirely, altogether: omnino, prorsus.

"Ach thilg (thu) mo bhriathra air do chùl.
"'G an diùltadh uam *gu tur.*"
Salm. l. 17.

But hast thrown my words behind thy back, refusing them from me altogether. Sed jecisti mea verba post tuum tergum, rejiciens illa a me omnino.

Tur, *adj.* Whole, absolute, complete, entire: absolutus, totus. "Thug e *tur* dhiùltadh dhomh." *C. S.* He gave me an absolute denial. Dedit absolutam negationem mihi. Always placed before the substantive.

Tùrach, -aiche, *adj.* (Tùr), Towery, having towers: turribus constructus, vel instructus. *C. S.*

Turadan, -ain, -an, *s. m.* A small heap: acervus. *C. S.*

Turadh, -aidh, *s. m.* (Tur, *adj.* et Àdh), Fair weather: sudum. "Am bheil e 'n a *thuradh?*" *C. S.* Is it fair weather? Estne sudum? "Rinn e *turadh.*" *C. S.* It has become fair. Sudum factum est cœlum.

Turaid, -e, -ean, *s. m.* A turret: turricula. *C. S. Wel.* Twred. *Dav.*

Turaideach, -eiche, *adj.* (Turaid). 1. Having turrets: turriculis instructus. *C. S.* 2. Like a turret: turriculo similis. *C. S.*

Tùrail, -e, *adj.* (Tùr). 1. Sagacious, shrewd, sensible: sagax. *C. S.* 2. Skilful: gnarus, peritus. "Gach duine toileach *tùrail* fa chomhair gach uile ghnè sheirbhis." 1 *Eachdr.* xxviii. 21. Every willing skilful man for every kind of work. Qui-

que vir voluntarius (et) peritus ad omne genus ministerii. 3. Attentive, heedful: attentus. *C. S.*

TÙRALACHD, *s. f. ind.* (Tùrail). 1. Sagacity, shrewdness: sagacitas. *C. S.* 2. Skilfulness: peritia. *C. S.* 3. Attentiveness: attentio. *C. S.*

TURAMAN, -AIN, -AN, *s. m.* A nodding, moving, or shaking: nutatio, vacillatio, agitatio. *C. S.*

TURAMANACHADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Turamanaich. Nodding, act of nodding, shaking, or vibrating: nutandi, vacillandi, vibrandi actus. *C. S.*

TURAMANAICH, -IDH, TH, *v. n.* (Turaman), Nod, move, shake, vibrate: nuta, move te, vacilla, vibra. *C. S.*

TURARAICH, -E, *s. f. C. S.* Vide Tairirich.

TURAS, -AIS, -AN. *s. m. C. S.* Vide Turus.

TURCACH, -AICH, *s. m.* A turk: Turcus. *C. S.*

TURCACH, -AICHE, *adj.* Turkish: Turcicus. *C. S.* et *Macf. V.*

TURGUIN, -E, -EAN, *s. m.* (Tur, *adj.* et Guin), Destruction: pernicies. *MSS.*

TURGUINEACH, -EICHE, *adj.* (Turguin), Destructive: perniciosus. *MSS.*

TURLACH, -AICH, -EAN, *s. m.* 1. A large fire, a bon-fire: ignis festus. *C. S.* 2. A bulky and squat person: crassus curtusque quis. *C. S. Wel.* Twrllach.

TURLOCH, -OICH, -AN, *s. m.* (Tur, et Loch). 1. A brook: torrens. *O'R.* 2. Ground covered with water in winter but dry in summer: ager hieme irrigatus, æstate aridus. *Llh. App.*

TÙRN, -ÙIRN, *s. m.* A turn, a job, feat: gestum, facinus. *Vox Angl.*

TÙRNAIR, -E, -EAN, *s. m. C. S.* Vide Tuairnear.

TURRABAN, -AN, *s. m.* A rocking motion of the body when sitting: corporis huc illuc jactatio. *C. S.* 2. A heaving or rolling, as of a ship, or boat at sea: volvendi motus quasi navium in alto. *C. S.* 3. Grief: luctus. *N. H.*

TURRABANACH, -AICHE, *adj.* 1. Rocking, or moving the body to and fro: se movens vel huc illuc agitans, vel jactans. *C. S.* 2. Producing a rolling motion: motum jactitantem afferens. *C. S.* 3. Grieving, sad: lugens, mœstus. *N. H.*

TURRABANAICH, -E, *s. f.* (Turraban), A constant rocking or moving of the body: se huc illuc jactandi actus iteratus. *C. S.* Vide Turraban.

TURRA-CHODAL, -AIL, *s. m.* A slumber, or slumbering, drowsiness: somnolentia. *C. S.*

TURRA-CHODALACH, -AICHE, *adj.* (Turra-chodal), Slumbering: somnolentus. *C. S.*

TURRAG, -AIG, -AN, *s. f.* An accident, or mishap: casus, iniquus. *C. S.*

TURRAGACH, -AICHE, *adj.* (Turrag), Accidental, unlucky: infaustus. *C. S.*

TURRAM, -AIM, -AN, *s. m.* A soft sound, a murmur, or whisper: sonitus minimè altus, sussurratio. *S. D.* 126.

TURRAMAN, -AIN, } *s. m.* et *f. C. S.* Vide Turra-
TURRAMANAICH, } ban. *Voc.* et *C. S.*

TURSA, *s. m. ind. C. S.* Id. q. Tuirse.

TURSACH, -AICHE, *adj. C. C.* Id. q. Tuirseach.

TURTUR, -UIR, -AN, *s. f.* A turtle: turtur. *Gen.* xv. 9.

TURURAICH, -E, *s. f. C. S.* Id. q. Tairirich.

TURUS, -UIS, -AN, *s. m.* A journey, voyage, or expedition: iter, peregrinatio. "Gabhamaid ar *turus*, agus biomaid ag imeachd." *Gen.* xxxiii. 12. Let us take our journey, and let us go. Capiamus nostrum iter, et eamus. *Scot.* Turs.

TURUSACH, -AICHE, *adj.* (Turus), Making frequent journeys, travelling much: sæpè vel multò peregrinans. *C. S.*

TURUSACH, -AICH, } -AN, et -EAN, *s. m.* (Turus), A
TURUSAICHE, } traveller, a pilgrim: viator, peregrinus. *C. S.*

TURUSACHD, *s. f. ind.* (Turusach), A travelling, a pilgrimage: iter, peregrinatio. *Macf. V.*

TÙS, -ÙIS, *s. m.* 1. The beginning, a beginning, commencement, or origin: initium, origo.

"'Se *tùs* a ghliocais eagal Dé."

Salm. cxi. 10.

The beginning of wisdom is the fear of God. Est initium sapientiæ reverentia Dei. 2. A front, or van: frons, prima acies. *C. S.* "Air tùs." *adv.* At first: initio, primùm. *Pers.* سوس *soos.*

TUSA, *pers. pron. emphat.* of Tu, q. vide.

"Cha *tus*' an Dia le 'm miann an t-olc."

Salm. v. 4.

Thou art not the God who desirest evil. Tu (quasi ipse) non est Deus iste qui diligis malum.

TÙS-AINM, -E, -EAN, *s. m.* (Tus, et Ainm), A patronymic: nomen patronymicum. *C. S.*

TUSG, -UISG, *s. m. S. S.* Vide Tosg.

* TUSLOG, -OIG, -AN, *s. f.* A leap, or little jump: subsultus. *O'B.* et *Bibl. Gloss.*

TUT, *interj.* Expressive of cold; vox qua frigoris sensus exprimitur. *C. S.*

TUT, *interj.* Indicating impatience: vox qua impatientia, vel molestia significatur. *C. S.*

TÙT, -ÙIT, -AN, *s. m.* 1. A stink, or stench: fœtor, putor. *C. S.* 2. Crepitus vix audibilis. *C. S. Wel.* Twt.

TÙTACH, -AICHE, *adj.* (Tùt), Stinking: fœtidus, putidus. *C. S.*

TUTAG, } *interj.* Expressive of cold: vox qua
TUTAGAIDH, } frigoris sensus exprimitur. *C. S.*

TUTH, -AIDH, TH, *v. a. C. S.* Id. q. Tubh.

TUTHADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Tuth. *C. S.* Id. q. Tubh.

U, the seventeenth letter of the Gaelic alphabet: Irish, ᵾ, u, named "*Ur*," the yew tree: taxus.

U! *interj.* Expressive of joy, surprise, disappointment and various other feelings. Ah! Oh! &c.

* Ua, *prep.* From, out of: ab, e, ex. *MSS.* et *O'R.* Retained in this form when conjoined with personal pronouns. Vide O, et Bho, *prep.*

* Ua, *s. m.* et *f.* A descendant, grandchild: proles, nepos. *Llh.* et *O'R.* Vide Ogha.

Uabairt, -e, -ean, *s. f.* (Ua, *prep.* et Beir), Expulsion: exilium. *Provin.*

Uabairteach, -eiche, *adj.* (Uabairt), Expelling: expellens. *Provin.*

Uabhann, -ann, *s. m.* *C. S.* Vide Uamhann.

Uabhannach, -aiche, *adj.* (Uabhann). *C. S.* Vide Uamhannach.

Uabhar, -air, *s. m.* Pride, insolence, vain glory: superbia, gloriatio. "Brisidh mi *uabhar* bhur cumhachd." *Lebh.* xxvi. 19. I will break the pride of your power. Frangam superbiam vestri roboris.

Uabharach, -aiche, *adj.* (Uabhar), Proud: superbus. *C. S.* Id. q. Uuaibhreach.

* Uacha, *prep.* conjoined with *pers. pron. i. e.* Ua, et Iad, q. vide. *MSS.*

Uachdar, -air, -an, *s. m.* 1. The top, surface, summit, or upper part: apex, culmen, pars superior, sensu generali. *C. S.* "An uachdar." Above, *lit.* on the top, or surface: supra, *lit.* ad superficiem, *i. e.* superior. "Bithidh tu mhàin an *uachdar*, agus cha bhi thu 'n iochdar." *Deut.* xxviii. 13. Thou shalt only be above, and thou shalt not be beneath. Eris tantummodo superior, et non eris inferior. "Làmh an uachdar." Superiority, victory: magisterium. "Fhuair e *làmh an uachdar* orm. *C. S.* He hath overcome me. Superavit me. "Air uachdar." *C. S.* Afloat: natans, innatans. 2. Cream: lactis flos. 3. The upper leather of a shoe: abstrigillus, vel calceamenti pars superior. 4. The woof of cloth: panni trama. *Provin.* *Wel.* Uchder. *Arm.* Uchder.

Uachdarach, -aich, *s. f.* (Uachdar), Leather suitable for upper leather of shoes: corium abstrigillis aptatum. *C. S.*

Uachdarach, -aiche, *adj.* (Uachdar). 1. Upper, higher, or uppermost, or highest: superior, altior, vel summus, altissimus. "An uair a thàinig iad a a stigh, chaidh iad suas do sheòmar *uachdarach*." *Gniomh.* i. 13. When they were come in, they went up into an upper room. Quum introîssent, ascenderunt in cœnaculum superius. 2. Abounding in cream: flore lactis abundans. *C. S.*

Uachdarachd, *s. f. ind.* (Uachdarach), State of being superior, or higher: status superior. *C. S.*

Uachdaran, -ain, -an, *s. m.* (Uachdar), A governor, ruler, chief: gubernator, imperator, præfectus, princeps. "Thàinig *uachdaran* àraidh, agus thug e aoradh dha." *Mat.* ix. 18. A certain ruler came and worshipped him. Venit præfectus quidam, et adoravit eum, *lit.* fecit adorationem illi.

Uachdaranachd, *s. f. ind.* (Uachdaran), Government, sovereignty, supremacy: imperium, dominatio suprema, summa potestas. *C. S.*

Uadh-chrith, -e, *s. f.* Terror, dread: formido, pavor. *C. S.* et *Macf. V.*

Uadh-bheist, -e, -ean, *s. m.* et *f.* A monster: monstrum. *C. S.*

* Uagh, -a, -an, *O'B.* et *MSS.* Vide Uaigh.

Uaghach, *gen.* of Uaigh, q. vide.

Uaghach, -aiche, *adj.* (Uaigh), Full of graves: sepulchris frequens. *C. S.*

Uaibh, *prep.* conjoined with *pers. pron. i. e.* Ua, et Sibh, q. vide. "Cuiribh *uaibh* na diathan coimheach a ta 'n ur measg." *Gen.* xxxv. 2. Put away from you the strange gods that are among you. Removete a vobis deos alienos qui sunt apud vos.

Uaibhreach, -eiche, *adj.* (Uabhar). 1. Proud, haughty, vain-glorious: superbus, elatus. "Tha Dia a' cur an aghaidh nan *uaibhreach*." 1 *Pead.* v. 5. God resisteth the proud. Est Deus obsistens superbis. 2. Spirited, full of spirit: animosus. *C. S.*

Uaibhreachas, -ais, } *s. m.* et *f.* Pride, pomp,
Uaibhreachd, *ind.* } vain glory: superbia, pom-
Uaibhreas, } pa, fastidium. *C. S.*

Uaibhse, *emphat.* of Uaibh, q. vide.

Uaidh, } *prep.* conjoined with *pers. pron. i. e.* Ua,
Uaidhe, } et E, q. vide, et Uaith, et Uaithe.

Uaidne, -ean, *s. f.* The stilt of a plough: bura, aratri clavis. *Macf. V.*

Uaigh, -e, et Uaghach, Uaighean, et Uaghaichean. 1. A grave, or tomb: sepulchrum, tumulus, monumentum sepulchrale. "O *uaigh*, c'àit am bheil do bhuaidh?" 1 *Cor.* xv. 55. O grave, where is thy victory? O sepulchrum, ubi est tua victoria? 2. A den, or cave: antrum, spelunca, lustrum. *O'B. potius* hoc sensu Uaimh, q. vide.

Uaigneach, -eiche, *adj.* (Uaigh). 1. Lonesome, solitary, secret, retired: solitarius, desertus. "C'ar son a theich thu air falbh gu h-*uaigneach*?" *Gen.* xxxi. 27. Wherefore didst thou flee away

secretly? Quamobrem fugisti occultè? 2. Dull, melancholy: tristis, molestus. *C. S.* et *MSS.*

UAIGNEAS, -EIS, *s. m.* (Uaigneach), Secrecy, privacy, solitariness: recessio, secessus: "Tha 'n t-aran a dh'ithear an *uaigneas* taitneach." *Gnà.* ix. 17. Bread eaten in secret is pleasant. Est panis in secreto voratus amœnus.

UAIGNIDH, -E, *adj. C. S.* Id. q. Uaigneach.

UAIGNIDHEACH, -EICHE, *adj. C. S.* Vide Uaigneach.

UAILL, -E, *s. f.* 1. Vanity, pride, vain glory: superbia, arrogantia, gloria inanis. "Na dean *uaill* a thaobh an là màireach." *Gnà.* xxvii. 1. Boast not of to-morrow. Ne glorieris de die crastino. 2. Dignity: dignitas. *C. S.* 3. Fame: fama. *Macf. V.*

UAILLEACH, -EICHE, *adj. O'R.* et *MSS.* Vide Uallach.

UAILLEAG, -EIG, -AN, *s. f.* (Uaill), A conceited female: mulier sui nimiùm confisa. *C. S.*

UAILL-FHEART, -EIRT, -AN, *s. m.* 1. A roar, or yell: ejulatus, ululatus. *Llh.* 2. An illustrious deed: factum nobile. *C. S.*

UAILL-FHEARTACH, -AICHE, *adj.* (Uaill-fheart, *s.*) Of noble virtues, or achievements: rebus gestis illustris, virtute præditus. *C. S.*

UAILL-FHEARTAICH, } *s. f.* A howling, yelling:
UAILL-FHEARTACHD, } ululatio, ejulatio. *Bibl. Gloss.*

UAILL-MHIANN, -A, *s. m.* (Uaill, et Miann), Ambition: ambitio. *Macf. V.*

UAILL-MHIANNACH, -AICHE, *adj.* (Uaill, et Miann), Ambitious: gloriâ cupidus. *C. S.* et *Macf. V.*

UAIMH, UAMHA, et -E, -EAN, et UAMHAN, *s. f.* 1. A den, or cave: antrum, spelunca. "Agus b' *uaimh* i." *Eoin.* xi. 35. And it was a cave. Et erat spelunca. 2. A hollow: concavum. *O'R.* 3. A grave: sepulchrum. *Fing.* ii. 19. Hoc sensu, *potiùs* Uaigh, q. vide.

UAIMHNEACH, -EICHE, *adj.* (Uamhunn), Dreadful, terrible, horrid: horrendus, terribilis. *C. S.* Id. q. Uamhunnach.

UAINICEAG, -IG, } -AN, *s. f.* (Uan), A lamb's skin:
UAINICIONN, -INN, } pellis agni. *Macf. V.* et *C. S.*

UAINE, *adj.* 1. Green: viridis.

"O Eirinn! nan cnoc a 's *uaine* feur,
"Cia annsa leam féin do ghlinn."
Conl. et *Cuth.* 70.

O Erin! of hills of greenest grass, how dear to me (myself) are thy glens. O Ierne! collium quorum est viridissimum gramen, quam caræ mihi ipsi tuæ convalles. 2. Pale, wan: pallidus, pallens, luridus.

"Aois *uaine* 's olc dreach, orm is suarach do
"theachd." *Stew.* 88.

Pale old age of bad hue, ungrateful to me is thy approach. Senectus pallida (cujus) est mala species, mihi est ingratus tuus adventus. *Wel.* Gwynlas: pallidus. *Dav.*

UAINEACHADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Uainich). 1. Sate of turning green: virescendi status. *C. S.* 2. State of becoming pale or ghastly: pallescendi status. *C. S.*

UAINEAD, -ID, *s. m.* (Uaine). 1. Degree of greenness: viriditatis gradus. *C. S.* 2. Paleness, degree of paleness: palloris gradus. *C. S.*

UAINEALACH, -AICHE, *adj.* (Uaine). 1. Greenish: viridans. *C. S.* 2. Pallid, pale: pallidus. *C. S.*

UAINEAN, -EIN, -AN, *s. m.* (*dimin.* of Uan). *C. S.* Vide Uanan.

UAINEOIL, -EOLA, *s. f.* (Uan, et Feòil), Lamb (flesh): caro agnina. *C. S.*

UAINICH, -IDH, DH'-, *v. n.* (Uaine). 1. Become green: viresce. *C. S.* 2. Become pale, or ghastly: pallesce. "Dh'*uainich* e le h-eagal." *C. S.* He became pale with fear. Pallescebat pro timore.

UAINN, *prep.* conjoined with *pers. pron. i. e.* Ua, et Sinn, q. vide. "Uime sin chuir sinn litir *uainn*, agus thug sinn fios do 'n righ." *Esr.* iv. 14. Therefore we have sent a letter, *lit.* from us, and gave word to the king. Idcirco misimus epistolam a nobis, et fecimus notum regi. *Emphat.* Uainne. "Tha uainn." 1. We want: deficit nobis. "Cha 'n 'eil uainn ach an ceartas." *C. S.* We want but justice. Non deest nobis nisi justitia. 2. We desire: cupimus. 3. It is necessary for us: necessè est nobis. "Tha uainn tòiseachadh." *C. S.* It is necessary for us to begin: necessè est nobis incipere.

* UAINNEARACH, -EICHE, *adj. Sh.* et *O'R.* Vide Uaigneach.

* UAINNEARAS, -AIS, *s. m.* (Uainnearach). *Sh.* et *O'R.* Vide Uuaigneas.

UAIPE, *prep.* conjoined with *pers. pron. i. e.* Ua, et I, q. vide. From her: ab illa. "Chuir i teachdaire *uaipe*." *Gen.* xxvii. 42. *marg.* She sent messengers from her. Misit nuncios ab illa. *Emphat.* Uaipe-sa.

* UAIR, *adv. MSS.* Vide Oir, *adv.*

UAIR, UARACH, et -E, -EAN, et -EANNAN, *s. f.* 1. An hour: any given space of time: hora, vel spatium temporis quodvis.

"A mhic Arair, tha taibhse mu 'n cuairt,
"Na ceil-sa gach *uair* do dhàn doibh."
S. D. 339.

Son of Arar, there are ghosts around, conceal not thou, each hour, thy song from them. Fili Arari, sunt spectra circùm, ne occultes tu quâque horâ, tuum carmen illis. "A' cheud uair." *C. S.* The first time: primo tempore. "An uair mu dheireadh." *C. S.* The last time. Postremo tempore. 2. Time, a time: tempus, tempestas, occasio. "An *uair* a leaghas iad, théid as doibh." *Iòb.* vi. 17. What time they wax warm, they vanish. Quo tempore æstu diffluunt, exscindentur. 3. Life, one's life-time: vita, vitæ tempus, vel continuitas.

"Do ghaol a leasaich m' iomagain,
"'S a chuir an giorrad m' *uair*."
Gill. 282.

Thy love (it is,) that hath increased my grief, and shortened my life. Tui amor (est) quod augebat meum dolorem, et abbreviavit (*lit.* misit in brevitatem) meam vitam. 4. Fate, the allotted hour of one's death: fatum, hora istâ quâ alicui mo-

riendum est. " Bha 'n *uair* 'g a ruith." *Prov.* His fate was chasing him. Fuit fatum illum insectans. " Aon uair." *adv.* Once: semel. " Dà uair." *adv.* Twice: bis. " Tri uairean." *adv.* Thrice: ter. 5. Weather: cœli temperies. " 'S olc an *uair* sin a th' ann." *C. S.* It is bad weather. Immite cœlum est; *lit.* Est immite cœlum, illud quod est. 6. An opportunity, a favourable opportunity: opportunitas, occasio. " 'S ann 'n a *uair* a thàinig e." *C. S.* He came opportunely. Opportunè advenit. " An uair." *adv. contr.* " 'N uair." *lit.* The time, *i. e.* when, the time at which: horâ quâ, vel tempore quo. " Air uairibh." *adv.* At times, sometimes: nonnunquam. " An ceart uair." *adv.* Presently, instantly: mox, statim. " Uair-eigin." *adv.* Sometime: aliquando. " Air an uair." *adv. lit.* On the hour, *i. e.* Immediately: confestim. " An ceart uair." *C. S.* Immediately: confestim. " Uair seach uair." *adv.* At times: nonnunquam. *Wel.* Aur, et Awr. *Walt.* et *Dav. Arm.* Eur, et Ur. *Corn.* Ur. *Germ.* Uhr: hora, et Jahr: annus, et tempus indefinitum. *Wacht. Angl.* Year, et Hour. *A. Sax.* Jara: olim. *Lat.* Hora. *Gr.* Ὥρα, et Εαρ, ver. *Isl.* Hyra: vertigine agi: et *Gr.* γύρος: circulus; et *Wel.* Gywr: recurvus. Et ad talia spectant temporis omne spatium, quasi in orbem circumvolventis. Vide *Wacht. in voc.* Jahr.

UAIREADAIR, -E, -EAN, *s. m.* (Uair, et Fear), A watch, a time-keeper of any kind: horarium manuale, vel instrumentum quodvis ad tempus notandum. *C. S.* " Uaireadair-cluig." A clock: horologium. " Uaireadair gainmhiche." vel " Uaireadair-gloinne." A sand-glass: horologium arenosum. " Uaireadair-gréine." *C. S.* A sun-dial: horologium solare. " Uaireadair-làimhe." *C. S.* A watch: horologium manuale.

UAIREADAIRICHE, -EAN, *s. m.* (Uaireadair), A watch, or clock-maker: horologiorum faber. *Voc.* et *C. S.*

UAIREIL, -E, *adj.* (Uair), Hourly, by the hour: horalis. *C. S.*

* Uais, *adj. O'B.* et *MSS.* Vide Uasal.

UAISLE, *s. f. ind.* (Uasal). 1. Nobility, as of descent: nobilitas, liberalitas, quasi a primoribus nobilibus tracta. *C. S.* 2. Gentility, as of appearance, or manners: nobilitas, liberalitas, quasi speciei, vel morum. 3. Liberality, generosity: munificentia animi. *C. S.*

UAISLE, *s. pl. contr.* for Uaislean, q. vide.

UAISLE, *adj. comp.* of Uasal, *adj.* q. vide.

UAISLEACHADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Uaislich. Ennobling, act of ennobling, or dignifying: in nobilium ordinem ascribendi, vel adsciscendi actus, vel dignitatem suam amplificandi actus. *C. S.*

UAISLEACHD, *s. f. ind.* (Uaisle, *adj.*) *C. S.* Vide Uaisle, *s.*

UAISLEAD, -EID, *s. m.* (Uaisle, *adj.*) Nobility, degree of nobility, or gentility: nobilitas, nobilitatis vel liberalitatis gradus. *C. S.* Vide Uaisle, *s.*

UAISLEAN, *s. pl.* (Uasal), Nobles, gentry, gentlemen: primores, ordo nobilis vel nobilium, vel liberaliorum.

" Bha thu measail aig *uaislibh*."
R. M'D. 33.
Thou wast respected among nobles. Fuisti honore habitus apud nobiles.

UAISLICH, -IDH, DH, *v. a.* (Uasal), Ennoble, exalt, dignify: in nobilium ordinem adscribe, vel adscisce, dignitatem amplifica. *C. S.*

UAISLICHTE, *pret. part. v.* Uaislich. Ennobled, exalted, dignified: in nobilium ordinem adscriptus, dignitate amplificatus. *C. S.*

UAIT, *prep.* conjoined with *pers. pron.* (Ua, et Thu). 1. From thee: a te. " Gus an tionndaidh corruich do bhràthar *uait*." *Gen.* xxvii. 45. Until thy brother's anger turn away from thee. Dum aversa fuerit ira tui fratris a te. 2. Used as an interjection; away with it: quasi interjectio usurpatur; vah! apage, apage illud. *C. S.* " Cuir uait." *C. S.* Send: mitte, *lit.* a te. *Emphat.* Uaitse.

UAITH, } *prep.* conjoined with *pers. pron.* (Ua, et
UAITHE, } E, vel I). 1. From him: ab illo. " Cha chuir sibh a bheag ris an fhocal a tha mise ag àithneadh dhuibh, ni mò a bheir sibh ni sam bith *uaith*." *Deut.* iv. 2. Ye shall not add (put) any thing to the word which I command you, neither shall ye take any thing from it. Ne addite quicquid ad verbum (illud) quod ego præcipio vobis, neque detrahite illud de eo. 2. From her: ab illa. " Chuir i seachad a gnùis-bhrat *uaithe*." *Gen.* xxxviii. 19. She laid by her vail from her. Deposuit peplum suum a se. *Emph.* Uaithe-sa, vel -san. " Chuig' is uaithe." *C. S.* To and fro: ultrò citròque.

* Uaithne, -ighean, *s. f.* A pillar, a post, pedestal: columna, postis, basis. *B. B. Iob.* ix. 6.

* Ualabhard, -aird, *s. m.* Dwarf-elder: sambucus humilis. *O'R.*

UALLACH, -AICHE, *adj.* 1. Cheerful, gay: lætus, jucundus, hilaris.
" Co so 's an fhaiche gu h-*uallach*?"
S. D. 155.
Who (is) this lively on the field? Quisnam hic in campo hilariter? 2. Conceited, proud, vain, vainglorious: nimis affectatus, superbus, gloriosus. *C. S.* 3. Freakish, fantastic: in repentinos animi motus proclivis. *C. S.* 4. Proud, stately, gallant, noble: superbus, magnificus, elatus, splendidus, nobilis. *C. S.* et *MSS.* 5. Sportive, playful: ludibundus, jocosus, facetus. *C. S.* 6. Lively: vividus. *C. S.*

UALLACH, -AICH, -AN, or -AICHEAN, *s. m.* 1. A burden, or load: onus. *C. S.* Id. q. Eallach, *s.* 2. A charge, an assigned task: negotium, mandatum, præscriptum. " Chuir se e os ceann uile luchd-giùlain *uallach* tighe Ioseiph." 1 *Righ.* xi. 28. He set him over all, bearing the charge of the house of Joseph. Præfecit eum omnibus gerentibus onus domûs Josephi. " Ro-uallach." *C. S.* An overcharge, or burden: nimium onus. *Wel.* Llwyth. *Walt.*

UALLACH, -AICH, *s. m.* (Uallach, *adj.*) A conceited fellow, a fop: nimis affectatus quis, nugator, bel-

lus homo. Cha bhi fuachd air *uallach* air fuairead an latha." *Prov.* A fop will scorn to seem cold (*lit.* will not have cold) on the coldest day. Non erit frigor homini bello, ad frigus (extremum) diei.

UALLACHADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Uallaich. 1. Loading, act of loading, or burdening: onerandi, onus imponendi actus. *C. S.* 2. Encumbering, act of encumbering: impediendi, negotiis aliquem distringendi actus. *C. S.*

UALLACHAG, -AIG, -AN, *s. f.* (Uallach, *adj.*) A coquette: mulier petulans. *C. S.*

UALLACHAN, -AIN, -AN, *s. m.* 1. *C. S.* Id. q. Uallach, *s.* 2. *dim.* of Uallach. A little load, or pleasant burden: onus leve. *C. S.* 3. An infant: infans.

UALLACHAS, -AIS, *s. m.* (Uallach, *adj.*) 1. Cheerfulness, gaiety: hilaritas. *C. S.* 2. Conceit, vanity: nimia affectatio, gloria inanis. *C. S.* 3. Freakishness: in repentinos animi motus proclivitas. *C. S.* 4. Pride, stateliness: superbia, magnificentia. *C. S.* 5. Sportiveness, playfulness: jocositas. *C. S.* 6. Liveliness: vis vivida. *C. S.*

UALLACHD, *s. f. ind.* (Uallach, *s.*) *C. S.* Id. q. Uallachas.

UALLAICH, -IDH, DH, *v. a.* (Uallach, *s.*) 1. Load, burden: onera, onus impone. *C. S.* 2. Encumber: impedi, negotiis aliquem distringe. *C. S.*

UALLAICHTE, *pret. part. v.* Uallaich. 1. Loaded, laden, burdened: oneratus. *C. S.* 2. Encumbered: negotiis districtus. *C. S.*

UAM, *prep.* conjoined with *pers. pron.* (Ua, et Mi), From me: a me. "Gu ma fada sin *uam*." 1 *Sam.* xxii. 15. Be it far from me. Absit procul illud a me. *Emph.* Uamsa. "Uam e." *C. S.* Away with it: apage id.

UAMH, } -AIDH, -ANNAN, *s. f.* A cave, a den:
UAMHA, } antrum, specus. *C. S.* Id. q. Uaimh.

UAMHACH, -AICHE, *adj.* (Uamh). 1. Full of caves: antris frequens. *C. S.* 2 Like a cave; antro similis. *C. S.*

UAMHAG, -AIG, -AN, *s. f.* A sheep louse: pediculus ovinus. *C. S.*

UAMHAGACH, -AICHE, *adj.* (Uamhag), Full of sheep lice: pediculis ovinis infestus. *C. S.*

* Uamhain, -e, -an, *s. f.* A bake-house: pistrinum. *Bibl. Gloss.*

UAMHAINNEACH, } -EICHE, et -AICHE, *adj. C. S.* Id.
UAMHANNACH, } q. Uamhunnach.

UAMHALT, -A, *adj.* (Uamh, et Alt, *s.*) Lonely, solitary: desertus, solitarius. *MSS.*

UAMHALTACHD, *s. f. ind.* (Uamhalt), Loneliness, solitariness: solitudo. *C. S.* et *MSS.*

UAMHARR, -A, *adj.* (Uamh). 1. Dreadful, terrible, horrible, direful: terribilis, horrendus, dirus.

"A cheò na Lanna!
"*Uamharr*, alla,
"Air dhath fala,
"Taosg o 'n chala gu 'n déisinn."
S. D. 249.

Ye vapours of Lano, terrible, and fierce, of bloody hue, pour from the gulph, to their terror. Vapor Lannæ, horrende, fere, sanguinei coloris, porrigitor a gurgite ad illorum terrorem. 2. Shocking, loathsome: odiosus, horridus. *C. S.* 3. Atrocious, heinous: atrox, detestabilis. *C. S.* 4. Morose, gloomy, repulsive: morosus, protervus, repellens. *C. S.*

UAMHARRACH, -AICHE, *adj.* (Uamharr). *C. S.* Id. q. Uamharr.

UAMHARRACHD, *s. f. ind.* (Uamharr). 1. Frightfulness, horror: qualitas rei horrenda. *C. S.* 2. Loathsomeness: odiositas. *C. S.* 3. Atrocity, heinousness: atrocitas. *C. S.* 4. Moroseness, gloominess: morositas, protervitas. *C. S.*

UAMHARRAIDH, -E, *adj.* (Uamharr). *C. S.* Id. q. Uamharr.

UAMHAS, -AIS, -AN, *s. m.* 1. A monster: monstrum; *MSS.* 2. Dread, horror, terror, astonishment: terror, pavor. "Òrduichidh mi oirbh *uamhas*, caitheamh, agus fiabhrus loisgeach." *Lebh.* xxvi. 16. I will appoint over you terror, consumption, and burning ague. Præficiam vobis terrorem, tabem, et febrem æstuantem.

UAMHASACH, -AICHE, *adj.* (Uamhas). 1. Terrible, horrible, awful, dreadful: prodigiosus, terribilis, horridus.

"Le nithibh *uamhasach* bheir dhuinn
"A' d' cheartas, freagradh caomh."
Salm. lxv. 5.

With terrible things (who) wilt give unto us in thy justice a gentle answer. Cum rebus terribilibus (qui) dabis nobis, tuâ justitiâ responsum lene. 2. Astonishing: mirus. *C. S.* 3. Shocking, horrible: odiosus, horribilis. *C. S.*

UAMHASACHD, *s. f. ind.* (Uamhasach). 1. Terribleness, awfulness: terribilis rei natura. *C. S.* 2. Horribleness: horribilis rei natura. *C. S.*

UAMH-BHEIST, -E, -EAN, *s. m.* (Uamhunn, et Béist), A monster: monstrum. *C. S.*

UAMH-CHRITH, -E, *s. f.* (Uamhunn, et Crith), Horror, dread: horror, pavor, formido. "Thòisich e air a bhi fuidh *uamh-chrith*." *Marc.* xiv. 33. He began to be in terror. Cœpit esse in pavore.

UAMHRAIDH, -E, *adj.* (Uamh), Full of caves, or dens: antris frequens. *K. Mackenz.* 52.

UAMHUNN, -UINN, -EAN, *s. f.* Horror: terror. *C. S.* Vide Uamhas.

UAMHUNNACH, -AICHE, *adj. C. S.* Vide Uamhasach.

UAN, UAIN, *s. m.* A lamb: agnus. "Agus ghabh e *uan* an duine bhochd." 2. *Sam.* xii. 4. And he took the poor man's lamb. Et accepit agnam viri pauperis. *Wel.* Oen. *Walt.* *Arm.* Oan. *Corn.* On. *Gr.* ἀμνος.

UANACH, -AICHE, *adj.* (Uan). 1. Abounding in lambs, lamb-bearing: agnis abundans, agnos producens. *C. S.* 2. Like a lamb: agno similis. *C. S.*

UANACHAN, -AIN, -AN, *s. m. dim.* of Uan. A little lamb: agnellus. *C. S.*

UANAN, -AIN, -AN, *s. m. dim.* of Uan. A little lamb: agnellus. *C. S.*

UAN-FHEOIL, -EOLA, *s. f.* (Uan, et Feòil), Lamb (flesh): caro agnina. *C. S.*

UAPA, *prep.* conjoined with *pers. pron.* (Ua, et Iad, *fem.*) From them: ab illis, *fem.* *C. S.*

UARACH, -AICHE, *adj.* (Uair), Hourly, temporary: temporaneus. *C. S.*

UARACH-MHULLAICH, *s. f.* The herb devil's-bit: morsus diaboli, herba. *Macf. V.* et *O'R.*

UASAL, UAISLE, *adj.* 1. Noble, gentle, well-born: nobilis, generosus, bono genere ortus.

" Bha Ullin, mac a' chòmhraig, ann,
" Is Mulla nan lann 's nan gnìomh;
" Scallag *uasal*, bu shuairce làmh." *Fing.* iv. 55.

There were there, Ullin the son of battle, and Mulla of swords and deeds, (and) the noble Scallag of meekest hand. Fuerunt Ullin filius certaminis illic, et Mulla gladiorum factorumque, (et) Scallag nobilis cujus erat benignissima manus. " Duin' uasal." *C. S.* A gentleman: generosus quis. 2. Genteel, polite: honestus, elegans, venustus, concinnus, cultus. *C. S.* 3. Proud: superbus. *C. S.* 4. Elegant, fine, splendid: elegans, splendidus.

" Chìteadh o 'truscan *uasal*
" A h-uchd uaibhreach mar ghealach oidhch'." *Fing.* i. 606.

From (beneath) her elegant vestment might be seen her proud breast as the moon of night. A sua veste elegante videretur suum pectus superbum, quasi luna noctis. 5. Precious, valuable: pretiosus. *MSS.*

UASAL, -AIL, UAISLEAN, *s. m.* A gentleman: generosus quis. *A. Macdon.* 186.

UASALACH, -AICHE, *adj.* (Uasal, *s.*) Genteel, graceful in behaviour, or address: honestus, moribus elegans vel politus. *K. Mackenz.* 12.

UASAL-GHNIOMHACH, -AICHE, *adj.* (Uasal, et Gnìomh), Acting nobly, or as a gentleman: magnificè se gerens. *Llh.* et *O'R.*

UAT, *prep.* conjoined with *pers. pron.* (Ua, et Thu). *C. S.* Vide Uait.

• Uath, *s. m.* Fear, dread, terror: pavor, timor. *O'B.*

UATHA, *prep.* conjoined with *pers. pron.* (Ua, et Iad), From them: ab illis. " Cha do ghabh mise aon asal *uatha*." *Air.* xvi. 15. I have not taken one ass from them. Non usurpavi unum asinum ab illis. *Emphat.* Uatha-san.

UATHBHAS, -AIS, -AN, *s. m.* (Uath, *s.*) *O'B.* Vide Uamhas.

UATHBHASACH, -AICHE, *adj. MSS.* Vide Uamhasach.

UB! UB! UBUB! *interj.* expressive of aversion, or threatening: interjectio, vox aversationem vel minas adhibens. *C. S.*

UBH, UIBHE, -EAN, *s. m.* An egg: ovum. " Ge beag an *t-ubh*, thig eun as." *Prov.* Though the egg be small, a bird will come from it. Quamvis (sit) parvum ovum, venit avis ex illo. *Wel.* Wy. *Walt. Arm.* Uy. *Corn.* Oy. *Germ.* Ey. *Wacht. Fr.* Oeuf. *Belg.* Ey. *Ital.* Uovo. *Gr.* Ωον.

UBH! UBH! UBHAN! *interj.* expressive of grief, or disgust: interjectio mœrorem, vel aversationem adhibens. *Wel.* Ub! ub! *Dav.*

UBHACH, -AICHE, *adj.* (Ubh, *s.*) 1. Abounding in eggs: ovis abundans. *C. S.* 2. Like an egg: ovo similis. *C. S.*

UBHAGAN, -AIN, -AN, *s. m.* (Ubh), A custard: oogala, dapis quædam ex lacte et ovis confecta. *C. S.*

UBHAIL, -E, *adj.* (Ubh), Oval, elliptical; ovi forma, ellipticus. *C. S.*

UBHAL, -AIL, *pl.* Ubhlan, *s. m.* An apple: pomum, malum. " Bithidh an *t-ubhal* a's feàrr air a' mheangan a's àirde." *Prov.* The best apple is on the highest branch. Est pomum optimum in ramo qui est altissimus. " Ubhal na sùla." *C. S.* The apple of the eye. Oculi pupilla. " Ubhal-fiadhaich." *C. S.* A crab, *lit.* a wild apple: malum silvestre. " Ubhal na leise." *Macf. V.* The hip-bone: acetabulum.

UBHALACH, -AICHE, *adj.* (Ubhal), Bearing apples: pomiferus. *O'R.* et *C. S.*

UBH-BHREITHEACH, -EICHE, *adj.* (Ubh, et Breith), Oviparus: oviparus. *MSS.* et *O'R.*

UBH-BHUIDHEAGAN, -AIN, -AN, *s. m.* (Ubh, et Buidheagan), An egg-yolk: ovi vitellus. *O'R.* et *C. S.*

UBH-CHRUTH, -AINN, *s. pl.* (Ubh, et Cruth), Spawn: ovaria. *MSS.* et *C. S. vulg.* " Iuchraichean."

UBH-CHUMPACH, -AICHE, *adj.* (Ubh, et Cumadh), Elliptical, oval: ovi formâ præditus. *MSS.* et *C. S.*

UBH-CHUMPACH, -AICH, *s. f.* (Ubh, et Cumadh), An oblong spheroid: spheroides oblonga. *MSS.* et *C. S.*

UBHLA, -AIDHEAN, *s. m.* A fine, or penalty: mulcta. " Cuirear gu cinnteach *ùbhla* air." *Ecs.* xxi. 22. A fine shall surely be laid upon him. Imponetur mulcta pro certo in illum.

UBHLA, } *pl.* of Ubhal, q. vide.
UBHLAN, }

UBRAID, -E, -EAN, *s. f.* A dispute, confusion: contentio, confusio. *C. S.*

UBRAIDEACH, -EICHE, *adj.* (Ubraid), Confused: confusus. *C. S.*

UCH! *interj.* of complaint, oh! alas!: interjectio mœrorem adhibens. *C. S.*

UCHANAICH, -E, *s. f.* (Uch), A groaning, or sighing: suspirium, gemitus. *Macf. V.*

UCHD, *s. m. ind.* The breast, or bosom: pectus, gremium.

" Tha e sèimh mar *uchd* mo ghaoil." *S. D.* 4.

It is placid as the bosom of my love. Est placidum, quasi gremium meæ dilectæ. 2. The brow, or side of a hill: montis vertex, vel latus ascendens.

" Mar an darag an *uchd* Mheallmhoir." *S. D.* 21

As the oak on the brow of Malmor. Instar quercûs in vertice Malmor. *Gr.* Οχθος, ripa.

UCHDACH, -AICH, *s. f.* 1. An ascent, or steepness: ascensus, acclivitas. *Macf. V.* et *C. S.* 2. A stomacher, breastplate: mamillare, lorica. *O'B.* 3. Extention of voice, delivery in speech: sermonis enunciatio clara. *C. S.* 4. A cliff in music: clavis, notatio musica. *C. S.* 5. The sine of an angle: sinus anguli. *MSS.*

UCHDACH, -AICH, *s. f.* (Uchd), A certain part of the furniture of a pack-saddle round the horse's breast: clitellarum armamentorum pars quædam pectus equi cingens. *C. S.*

UCHDAIL, -E, *adj.* (Uchd). 1. Stout-breasted, e-

rect, high-headed: pectorosus, erectus, vultus ad sidera tollens. *O'R.* et *C. S.*

UCHDAN, -AIN, -AN, *s. m. dim.* of Uchd. 2. 1. A hillock: colliculus. *Voc.* et *C. S.* 2. A child's bib, or tippet: infantis pectorale. *C. S.*

UCHD-AODACH, -AICH, *s. m.* (Uchd, et Aodach), Breast-clothes, armour: strophium, armatura. *Voc.* et *C. S.*

UCHD-ARDACH, -AICHE, *adj.* (Uchd, et Àrd), High-breasted, puffing, strutting: pectorosus, anhelans, superbus. *C. S.*

UCHD-ÉIDEADH, -IDH, -IDHEAN, *s. m.* (Uchd, et Éideadh), A breastplate: lorica, pectorale. "*Uchd-éideadh* na fìreantachd." *Ephes.* vi. 14. The breastplate of righteousness: lorica justitiæ.

UCHD-CHRIOS, -A, -AN, *s. m.* (Uchd, et Crios), A stomacher: mamillare. *Voc.*

UCHD-MHAC, -IC, *s. m.* (Uchd, et Mac), An adopted son: filius adoptatus. *Macf. V.*

UCHD-MHACACHADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Uchd-mhacaich. Adopting, act of adopting: adoptandi, hæredem adsciscendi actus. *C. S.*

UCHD-MHACACHD, *s. f. ind.* (Uchd-mhac), Adoption: adoptio. "Ionnus gu faigheamaidne *uchd-mhacachd* na cloinne." *Gal.* iv. 5. That we might receive the adoption of children. Ut acciperemus adoptionem liberorum.

UCHD-MHACAICH, -IDH, DH, *v. a.* (Uchd, et Mac), Adopt as a son, or heir: adopta, hæredem adsciscе. *C. S.*

UCHD-MHACAICHTE, *pret. part. v.* Uchd-mhacaich. Adopted: adoptatus. *C. S.*

UCSA, -AN, *s. m. C. S.* Vide Ugsa.

UD, *demonstr. pron.* That, yon, yonder: iste, ille, iste illic.

"Gabh le m' chàirde do 'n tom *ud* shuas."
Fing. ii. 318.

Go, (betake you) with my friends to yonder hill on high. Vade cum meis amicis ad istum collem suprà. "An taobh *ud* thall." T'other, or yonder side. *C. S.*

UDABAC, -AIC, -AN, *s. m.* A back house, a porch: porticus, atrium. *Provin.*

UDAIL, -IDH, DH, *v. a.* 1. Cause to totter, or shake: vacillare, vel vibrare fac. *S. C.* et *Macf. V.* 2. Remove, cause to remove: remove, removere fac. *Macf. V.*

ÙDAIL, -E, *adj.* Inhospitable, churlish: inurbanus, inhospitalis. *O'R.* et *C. S.*

ÙDAIL, -E, -EAN, *s. m.* A gloomy, churlish, or peevish fellow; protervus, morosus, inhospitus quis.

"Cha b' *ùdail* thu measg chàich." *R. M'D.* 95. Thou wast not a churl among others. Non fuisti inhospitus inter alios.

UDAL, -AIL, *s. m.* et *pres. part. v.* Udail. Distress, a tossing, a floating: afflictio, agitatio, quasi per undas. "Udal cuain." *S. D.* Distress at sea: per mare agitatio.

UDALACH, -AICHE, *adj.* (Udal). 1. Wavering, tossing, or tossed: agitans, vel agitatus. *C. S.* 2. Removing from place to place: huc illuc se movens. *C. S.*

UDALAN, -AIN, -AN, *s. m.* A swivel: verticula. *Macf. V.*

UDALANACH, -AICHE, *adj.* (Udalan), Pendulous, swinging: rotans, vacillans. *C. S.*

UDHAR, -AIR, -AN, *s. m.* 1. A boil, ulcer, or sore: ulcus. *MSS.* 2. A wound: vulnus.

"Dh' fhag *udhar* fuidh m' léine,
"Nach fothair léigh tha air thalamh."
R. M'D. 52.

(It) hath left a wound beneath my shirt, which no physician on earth can remedy. Reliquit vulnus sub mea subucula, quam non sanabit medicus (qui) est in terris.

UDHARACH, -AICHE, *adj.* (Udhar). 1. Afflicted with sores: ulceribus laborans. *C. S.* 2. Wounded: vulneratus. *C. S.*

ÙDLAICHE, -EAN, *s. m.* A stag: cervus. *Macf. V.*

ÙDLAIDH, -E, *adj.* Gloomy, dark: obscurus, tenebrosus.

"Is ceann ma muice fiadhaich,
"A leag Diarmad 's a' choill *ùdlaidh*."
Macinty. 52.

And the head of the wild boar which Demid slew (*lit.* caused to fall) in the gloomy forest. Et caput apri silvestris quem prosternavit Dermidus in sylva tenebrosa.

ÙDRATHAD, -AID, -AIDEAN, *s. f.* Free egress, and regress to common pasture: via pervia pecudum ad pascua. *C. S.*

ÙGAN, -AIN, -AN, *s. m. MSS.* Vide Ùigean.

UGAN, -AIN, -ANNAN, *s. m.* The upper part of the breast, the fore part of the neck: pectoris pars altior. "Rug e air *ugan* air." *C. S.* He seized him by the throat. Per collum deprehensit illum.

ÙGH, -UIGH, -AN, *s. m. C. S.* Vide Ùth.

* Ughaim, -e, -ean, *s. f. B. B. Gen.* xxxi. 34. Vide Uidheam.

ÙGHDAIR, -E, -EAN, *s. m.* An author: auctor. "Oir cha 'n e Dia *ùghdair* na mi-riaghailt, ach na sìthe." 1 *Cor.* xiv. 33. For God is not the author of confusion, but of peace. Etenim non est Deus auctor confusionis sed pacis.

ÙGHDAIREACH, -EICHE, *adj.* (Ùghdair). *C. S.* Id. q. Ùghdarach.

ÙGHDAIREACHD, *s. f. ind.* (Ùghdair), Authorship: auctoritas, auctoris munus. *O'R.* et *C. S.*

ÙGHDARACH, -AICHE, *adj.* (Ùghdair). 1. Of or belonging to an author: ad auctorem pertinens. *C. S.* 2. Like an author: auctori similis. *C. S.* 3 Authoritative: auctoritatem gerens. *C. S.* 4. Authentic, having an author: auctorem habens. *C. S.*

ÙGHDARACHADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Ùghdaraich. Authorizing, act of authorizing: auctoritatem tribuendi actus. *C. S.*

ÙGHDARAICH, -IDH, DH, *v. a.* (Ùghdair), Authorize, empower: auctoritatem, vel potestatem tribue. *C. S.*

UGHDARAICHTE, *pret. part. v.* Ùghdaraich. Authorized, empowered: auctoritate, vel potestate præditus. *C. S.*

ÙGHDARRAS, -AIS, *s. m.* (Ùghdair), Authority: auctoritas. "Bha e 'g an teagasg mar neach aig an robh *ùghdarras*." *Marc.* i. 22. He taught them

as one having authority. Docebat illos quasi aliquis qui habuit auctoritatem.

Ùghdarrasach, -aiche, *adj.* (Ùghdarras). *C. S.* Vide Ùghdarach.

Ùghdarrach, -aiche, *adj. C. S.* Vide Ùghdarach.

Ùghdarrais, } *s. f.* Lumber confusion, stuff in
Ùghtarrais, } one's way: instrumenta domestica perturbata. *C. S.*

Ugsa, -an, et -achean, *s. m.* The coal-fish: asellus niger. *C. S.*

Uibe, -eachan, *s. m.* A mass, a lump, commonly of dough: massa, quasi farinæ subactæ. *MSS.* et *C. S.*

Uibeach, -eiche, *adj.* (Uibe), Massy, lumpish: solidus, spissus, cumulatus. *Macf. V.* et *C. S.*

Uibeachan, -ain, -an, *s. m. dim.* of Uibe. A little mass, or lump: massula, frustulum. *C. S.*

Uibhir, *s. f. ind.* A number, quantity, or sum: numerus, quantitas, summa. *Macf. V.* et *C. S.*

Uibhireach, -eiche, *adj.* (Uibhir), Numerous: numerosus. *C. S.*

Uibhireachd, *s. f. ind.* (Uibhir), A computing, a casting up of sums, or numbers: numeratio. *C. S.*

Uibhreachail, -e, *adj.* (Uibhir), Arithmetical: arithmeticus. *C. S.*

Uibhreachan, -ain, -an, *s. m.* (Uibhir), A numerator, an arithmetician: arithmeticus. *O'R.*

Ùidh, -e, -ean, *s. f.* A ford, that part of a stream which leaves a lake, before breaking into a current: vadum, ea fluminis pars e lacu se porrigentis nondum currentis rapido motu. *N. H.*

Ùidh, -e, *s. f.* 1. Care, heed, attention, respect: cura, observantia.

" Coidil 's an uaigh, gun mhiadh, gun chliù,
" Do leabaidh gun *ùidh*, 's do shliochd gun
" fheòrachd."

S. D. 125.

Sleep in the grave without esteem or renown; thy bed unheeded, thy children unasked for. Dormi in sepulchro, absque respectu, absque gloria; tuum lectum sine observantia, tua proles non quæsta. 2. A desire, a wish: studium, cupiditas. *C. S.* 3. Partiality, fondness, affection, love: studium, amor, dilectio.

" Caoin is sèimh fuidh dhaoinionn nan speur,
" Tha m' annsachd féin, 's a h-*ùidh* air Uran."

S. D. 134.

Tranquil and mild beneath the storms of the sky, is my own love, and her affection towards Uran. Tranquilla, mitisque sub procellâ cœli, est mea dilecta ipsa, et sua dilectio erga Uran. 4. Hope, expectation: spes, expectatio.

" Gun *ùidh* ri sodan no sòlas."

S. D. 300.

Without hope of joy or comfort. Sine spe lætitiæ, vel solatii.

Uidh, } *s. f.* 1. A degree, step, space: gradus, pas-
Uidhe, } sus, spatium. *C. S.* " Uidh air 'n uidhe," step by step, *i. e.* gradually: gradatim.

" *Uidh air 'n uidh*, phill a ghean."

S. D. 17.

By degrees his cheerfulness returned. Gradatim reversa est sua hilaritas. 2. A journey, the space travelled, or to be travelled over: iter, transitum. *C. S.* " Ceann-uidhe." 1. The end, or termination of a journey: itineris finis. *C. S.* 2. An entertainer of guests: hospes.

" 'S lìonmhor, a *chinn-uidhe* nan dàimh,
" Làmh-chòmhraig a dh'éireas leat féin."

Fing. i. 24.

Numerous, thou entertainer of strangers, are the hands of fighting that will arise with thyself. Numerosæ, hospes advenarum, sunt manus prœlii quæ surgent tecum. *Lat.* Via.

Uidheam, -im, -an, *s. f.* 1. Furniture, equipage, accoutrements, instruments: apparatus, instrumenta. " Agus am bòrd agus *'uidheam*, agus an coinnleir fìor-ghlan le *'uidheam*." *Ecs.* xxxi. 8. And the table and its furniture, and the pure candlestick with its furniture. Atque mensam et (ejus) instrumenta et lychnuchum cum (ejus) instrumentis. 2. Dress, decoration: vestes, ornamenta. *C. S.* 3. A suit of clothes, habiliments: vestimentum, indumentum. " Chaidh e 'n a *uidheam*." *C. S.* He dressed himself. Induit se. 4. Order, arrangement: ordo, dispositio rerum congrua. *C. S.* 5. Use, need: opus, usus. Cha 'n 'eil mi 'n a *uidheam*." *C. S.* I have no use for it, I want it not. Isto opus non est mihi. " Tha mi 'n *uidheam* cuidheachaidh." *C. S.* I stand in need of assistance. Auxilio egeo. " Uidheam-chogaidh." *C. S.* Military accoutrements: vestitus militaris. " Uidheam-eich." *C. S.* Horse-trappings: phaleræ. Vide Adhm.

Uidheamach, -eiche, *adj.* 1. Well-furnished, accoutred, or dressed: instrumentis, vestibus, vel apparatu bene instructus. *C. S.*

Uidheamachadh, -aidh, *s. m.* et *pres. part. v.* Uidheamaich. 1. Furnishing, act of furnishing with necessary instruments, apparatus, dress, or habiliments: instrumentis, apparatu, vestimentis necessariis suppetitandi actus. *C. S.* 2. Arranging, act of arranging: recto ordine disponendi actus. *C. S.* 3. Preparing: præparandi actus. *C. S.*

Uidheamaich, -idh, dh, *v. a.* (Uidheam). 1. Equip, furnish with necessary instruments, accoutrements, or habiliments: appara, rebus necessariis instrue aliquem. *C. S.* 2. Arrange: recto ordine dispone. *C. S.* 3. Prepare: præpara. *C. S.*

Uidheamaichte, *pret. part. v.* Uidheamaich. 1. Equipped, furnished: apparatus, rebus necessariis instructus. *C. S.* 2. Arranged: recto ordine dispositus. *C. S.* 3. Prepared: præparatus. *C. S.*

Uidhear, -ir, -an, *s. m.* (Uidhe, et Fear), A traveller, a pilgrim, or sojourner: viator. *R. M'D.* 134.

Ùig, -e, -ean, et -eachan, *s. f.* A nook, a retired, or solitary hollow, cove, or den: recessus, locus quivis solitarius, vel dissitus et concavæ formæ. *C. S.*

* Uige, -e, *s. f.* 1. A jewel, or precious stone: gemma. *Macf. V.* et *O'B.* 2. A web, carded wool for spinning: textum, lana carminata. *Llh.* 3. Knowledge, skill, understanding: sci-

entia, peritia, intelligentia. *O'B.* 4. A poem: poëma, carmen. *O'R.*

Ùigeach, -eiche, *adj.* (Ùig), Abounding in nooks, or solitary hollows: recessis, vel locis solitariis et concavis frequens. *C. S.*

Ùigean, -ein, -an, *s. m.* (Ùig,) A fugitive, or lonely wanderer: fugitivus quis, vel vagator desertus. *MSS.* et *C. S.*

Ùigeanach, -aiche, *adj.* (Ùigean). 1. Of, or belonging to a fugitive: ad fugientem pertinens. *C. S.* 2. Like a fugitive: fugienti similis. *C. S.*

Ùigeanta, -einte, *adj.* Ùig). 1. *C. S.* Id. q. Uigeach. 2. Of a retired, gloomy, or unsocial disposition: morosus, inhospitus. *C. S.*

Uigeantachd, *s. f. ind.* (Ùigeanta), Gloominess, unsociality: indoles morosa, proterva, vel inhospita. *C. S.*

Uigh, -e, *s. f. C. S.* Id. q. Uidh.

Uighealachd, *s. f. ind.* (Ùigheil). 1. The quality of giving pleasure: jucunditas. *C. S.* 2. Care, heed: cura, cautio. *C. S.*

Uigheam, -eim, *s. m. C. S.* Id. q. Uidheam.

Uigheil, -e, *adj.* (Uigh). 1. Giving pleasure: jucundus. *C. S.* 2. Careful, heedful: attentus, studiosus. *C. S.*

Uighimich, -idh, dh, *v. a. C. S.* Vide Uuidheamaich.

Uilc, *gen.* et *pl.* of Olc, *s.* q. vide.

Uile, *adj.* All, whole: omnis, totus. "A nis a ta tairbhe na talmhainn air son nan *uile*." *Eccles.* v. 9. Now, the profit of the earth is for all. Jam est emolumentum terræ pro omnibus. *Wel.* Oll, et Holl. *Walt. Arm.* Oll. *Swed.* All. *Belg.* Al, et Hel. *Germ.* All. *Wacht. Gr.* Ὅλος, et Οὖλος.

Uileachd, *s. f. ind.* (Uile), Universality, totality, generality: universalitas, generalitas. *O'B.* et *C. S.*

Uileann, -inn, et **Uillne, -an,** The elbow: ulna.

"Caoireal binn, faraon is Ulann,
"'S na slòigh air *uileann* ri 'n dàn."
S. D. 307.

(The) melodious Carril, and also Ulan, and the hosts (reclining) on their elbows, (listening) to their song. Caril canorus nonetiam et Ulan, et militibus (reclinantibus) in ulnas (auscultantibus) eorum carmen. 2. A corner, an angle: angulus.

"Tha 'n sealgair air *uileann* an raoin."
S. D. 161.

The huntsman is on a corner of the field. Venator est in angulo campi. *Wel.* Elin. *Dav. Arm.* Elin. *Germ.* Ele, et Elle. *Wacht. A. Sax.* Eln. *Belg.* Elle. *Angl.* Ell. *Gr.* Ωλένη.

Uilear, *adj.* (Uile, et Leòr), Too much, redundant, superfluous: nimius. "Cha b'*uilear* dhomh sin." *C. S.* That would not be too much for me. Id non esset nimium mihi.

"Mar thuinn mu charraig dh'iadh iad umainn,
"Cha b'*uilear* dhuinn eogadh no fàilneach."'
S. D. 82.

As waves on a rock, they surrounded us; we were obliged to fight or flee. Instar undarum in rupem circumdederunt nos, non nimium fuit nobis pugnare vel fugere.

Uile-beist, -e, -ean, *s. m.* (Uile, et Béist), A monster: monstrum.

"Mharbhadh leis an *uile-bheist*."
Gill. 286.

He slew with it the monster. Occidit illo monstrum.

Uile-bheannaichte, Uile-bheannuichte, *adj.* (Uile, et Beannuichte), All-blessed: omne-beatus, vel benedictus. *C. S.*

Uile-bhreitheach, -eiche, *adj.* (Uile, et Breith), All-judging: omnia judicans. *C. S.*

Uile-bhuadhach, -aiche, *adj.* (Uile, et Buadhach), All-victorious: omnium victor. *C. S.*

Uile-chinnteach, -eiche, *adj.* (Uile, et Cinnteach), All-certain: præ omnibus certus. *C. S.*

Uile-choitchionn, *adj.* (Uile, et Coitchionn), Universal: universalis. *C. S.*

Uile-choitchionnachd, *s. f. ind.* (Uile, et Coitchionn), Universality: universalitas. *C. S.*

Uile-chomasach, -aiche, *adj.* (Uile, et Comas,) All-powerful: omnipotens. *C. S.*

Uile-chruthach, -aiche, *adj.* (Uile, et Cruthach), Omniform: omniformis. *C. S.*

Uile-chumhachd, *s. f. ind.* (Uile, et Cumhachd), Omnipotence: omnipotentia. *C. S.*

Uile-chumhachdach, *adj.* (Uile, et Cumhachdach), Almighty: omnipotens. "Is mise 'n Dia *uile-chumhachdach*." *Gen.* xvii. 1. I am the almighty God. Ego sum Deus omnipotens.

Uile-dhiongmhalta, *adj.* (Uile, et Diongmhalta), All-sufficient, all perfect: omne-perfectus. *C. S.*

Uile-fradharcach, *adj.* (Uile, et Fradharc), All seeing: omnisciens. *C. S.*

Uile-ghlic, *adj.* (Uile, et Glic), All-wise: sapientissimus. *C. S.*

Uile-ghlòrmhor, *adj.* (Uile, et Glòrmhor), All-glorious: gloriosus, maximè laudatus. *C. S.*

Uile-ghràsmhor, *adj.* (Uile, et Gràsmhor), All-gracious: maximè gratiosus. *C. S.*

Uile-làthaireach, *adj.* (Uile, et Làthaireach), Omnipresent: omnipræsens. *C. S.*

Uile-làthaireachd, *s. f. ind.* (Uile-làthaireach), Omnipresence: omnipræsentia. *C S.*

Uile-léirsinneach, *adj.* (Uile, et Léirsinneach), All-seeing: omnia videns. *C. S.*

Uile-mhaitheasach, Uile-mhathasach, *adj.* (Uile, et Maitheasach), All-good: optimus. *C. S.*

Uile-ṅaomha, *adj.* (Uile, et Naomh), All-holy: sanctissimus. *C. S.*

Uile-ṅeartmhor, *adj.* (Uile, et Neartmhor), Almighty: omnipotens. *C. S.*

Uile-ṙiaghlach, *adj.* (Uile, et Riaghladh), All-ruling: omnia imperans. *C. S.*

Uile-shlugach, *adj.* (Uile, et Slugadh), All-devouring: omnia vorans. *C. S.*

Uile-thoireach, Uile-thorach, *adj.* (Uile, et Torach), All-producing: omnia producens. *C. S.*

Uile-thròcaireach, *adj.* (Uile, et Tròcair), All-merciful: maximè misericors. *C. S.*

Uil'-fhaicinneach, *adj.* (Uile, et Faicinn), All-seeing: omnia videns. *C. S.*

Uil'-fhiosrach, *adj.* (Uile, et Fiosrach), All-knowing: omnisciens. *C. S.*

Uil'-fhiosrachd, *s. f. ind.* (Uil'-fhiosrach), Omniscience: omniscientia. *C. S.*

Uil'-fhoghainteach, *adj.* (Uile, et Foghainteach), All-sufficient: ad omnia habilis. *C. S.*

Uil'-ic, -e, *s. m. MSS.* Vide Uil'-ioc.

Uilidh, *adj.* All, total: omnis. *Llh.* "Gu h-uilidh." *adv.* Totally, universally: universim. *C. S.*

Uil'-inntinneach, *adj.* (Uile, et Inntinn), With all the mind, without mental reservation: sine exceptione in animo concepta. *O'R.* et *C. S.*

Uil'-ioc, -a, *s. m.* (Uile, et Ioc), The misletoe: viscum. *MSS.* et *O'R.*

Uil'-iomlain, *adj.* (Uile, et Iomlan), All-perfect: perfectissimus. *C. S.*

Uil'-iomlaineachd, } *s. f. ind.* (Uil'-iomlain), All-
Uil'-iomlanachd, } sufficiency: completa perfectio, perfectio plena. *C. S.*

Uil'-ionadach, *adj.* (Uile, et Ionad), Omnipresent: omnipræsens. *C. S.*

Uil'-ionadachd, *s. f. ind.* (Uil'-ionadach), Omnipresence: omnipræsentia. *C. S.*

Ùill, -idh, dh, *v. a.* (Ùilleadh, *s.*), Oil, besmear with oil: oleo aliquid imbue, vel sparge. *C. S.*

Ùilleadh, -idh, *s. m.* et *pres. part. v.* Ùill. Oiling, act of oiling, or smearing with oil: oleo aliquid imbuendi, vel spargendi actus. *C. S.*

Ùilleadh, -idh, *s. m.* vel *f.* Oil: oleum. *C. S.* et *O'R.*

Uileann, -inn, *s. f.* Honey-suckle, woodbine: caprifolium, periclyminum. *MSS.* et *C. S.*

Ùillidh, -e, *adj.* (Ùilleadh), Oily: oleaceus. *C. S.*

Ùillt, *gen.* et *pl.* of Àllt, q. vide.

Ùillte, *pret. part. v.* Uill. Oiled, smeared with oil: oleo imbutus, vel sparsus. *C. S.*

Uilne, *gen. s.* of Uileann, q. vide.

Uilt, *gen.* et *pl.* of Alt, *s.* q. vide.

• Uim, *prep.* Used only in conjunction with personal pronouns: cum prononibus personam designantibus tantùm usurpatur.

• Uim, *s. f.* 1. The earth; terra. *Llh.* et *O'R.* 2. A country: regio. *O'R.* 3. Brass, copper: æs. *O'R.*

Uim'-chladhach, -aich, *s. m.* (Uime, et Cladhach), Circumvallation: fossæ circumductio. *O'R.* et *C. S.*

Uim'-chrith, -e, -ean, *s. f.* (Uim, et Crith), An earthquake: terræ motus. *Llh.* et *O'B.*

Uim'-dhòrtach, -aiche, *adj.* (Uime, et Dòirt), Circumfusive: circumfusus. *O'R.* et *C. S.*

Uim'-dhòrtadh, -aidh, *s. m.* Circumfusion: circumfusio. *C. S.*

Uim-dhruid, -idh, dh', *v. a.* (Uim, et Druid), Enclose, besiege: circumda, obside. *C. S.*

Uim'-dhruidead, -idh, *s. m.* et *pres. part. v.* Uimdhruid. 1. Enclosing, act of enclosing: includendi, circumvallandi actus. *C. S.* 2. Besieging, act of besieging: obsidendi actus. *C. S.* 3. A siege: obsidium. *C. S.* 4. An enclosure: septum. *C. S.*

Uime, *prep.* conjoined with *pers. pron.* (Uim, et E). 1. About, or around him, or it: circa eum vel id. "Agus chuir iad *uime* eudach purpuir." *Marc.* xv. 17. And they put on him a purple clothing. Et induerunt eum purpura. 2. Of, or concerning him, or it: de eo. "Ma fhuair e an ni sin a chailleadh, agus gu'n d' rinn e breug *uime*." *Lebh.* vi. 3. If he have found that which was lost, and lied concerning it. Si invenerit illud quod amissum fuerit, et si mentitus fuerit de ipso. "C'uime." *adv.* For what, why: cur, quare. "C' *uime* a deir thusa, O Jacoib, agus a labhras tu, O Israeil; Tha mo shlighe foluichte o 'n Tighearn?" *Isai.* xl. 27. Why sayest thou, O Jacob, and speakest thou, O Israel, my way is hid from the Lord? Quare dicis, O Jacobe, et loqueris, O Israël, est mea via abscondita a Domino Deo? "Uime sin." *conj.* Therefore: itaque, igitur, idcirco, ergo. "*Uime sin* ni thu seirbhis do d' naimhdibh." *Deut.* xxviii. 48. Therefore thou shalt serve thine enemies. Propterea servies (facies servitutem) tuis inimicis. *Emph.* Uime-sa, et -san.

Uimhir, -mhre, -ean, *s. f. C. S.* Vide Uibhir.

Uimhireach, -eiche, *adj.* (Uimhir). *C. S.* Vide Uibhireach.

Uimhreachail, -e, *adj. C. S.* Vide Uibhreachail.

Uimleac, -ic, -an, *s. f. C. S.* Id. q. Imleag.

Uimpe, *prep.* conjoined with *pers. pron.* (Uim, et I). *C. S.* Vide Uime.

Uim-shruth, -uith, -an, *s. m.* (Uime, et Sruth), Circumfluence: circumfluentia. *O'R.* et *C. S.*

Uim-shruthach, -aiche, *adj.* (Uim, et Sruth), Circumfluent: circumfluens. *C. S.*

Ùin, -e, } *s. f. ind.* 1. Time, a time, or season:
Ùine, } tempus.

"Tuiteadh ar bròn, ma ta, 's éireadh ar cliù,
"'S ar n-*ùin* a' ruith air sgiathaibh gàbhaidh."
S. D. 338.

Let our sorrow then fall, and let our fame arise, while our time flies on perilous wings. Cadat noster mœror igitur, et surgat nostra gloria, et nostro tempore volante alis periculosis. 2. Life, a life-time: vita.

"O 'n tha ar n-*ùine*, ma ta cho geàrr,
"Faigheamaid 'n a thràth ar cliù." *S. D.* 289.

Since our life, then, is so short, let us obtain betimes our fame. Quoniam est nostra vita, igitur tam brevis, nansciscamur citò nostram gloriam.

Ùinich, -e, *s. f.* (Ùine), Bustle, hurry: tumultus, turba. *Macf. V.*

Uinneag, -eig, -an, *s. f.* A window: fenestra. "Dh'fhosgail Noah *uinneag* na h-àirce a rinn e." *Gen.* viii. 6. Noah opened the window of the ark he had made. Aperuit Noachus fenestram arcæ quam fecerat.

Uinneagach, -eiche, *adj.* (Uinneag), Windowed: fenestratus. *C. S.*

Uinnean, -ein, -an, *s. m.* 1. An onion: cepa. *Macf. V.* et *C. S.*

Uinneanach, -aiche, *adj.* (Uinnean). 1. Abounding in onions: cepis frequens. *C. S.* 2. Like an onion: cepæ similis. *C. S.*

UINNLE, *gen.* of Uileann, q. vide.

UINNLEAG, -EIG, -AN, *s. f.* (Uileann), A thrust with the elbow: ulnæ impulsus. *C. S.*

UINNLEAN, *pl.* of Uileann, q. vide.

UINNSEACHADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Uinnsich. Managing, act of managing: regendi, administrandi actus. *C. S.*

UINNSICH, -IDH, DH, Manage, sway: rege, administra. *C. S.*

UINNSEANN, } -INN, *s. m.* Ash, the ash tree: fraxi-
UINSEANN, } nus excelsior. " Suidhichidh e crann-*insinn*, agus altruimidh an t-uisge e." *Isài.* xliv. 14. He planteth an ash, and the rain doth nourish it. Plantat fraxinum, et educat aqua illam.

UIPEAR, -IR, -AN, *s. m.* 1. An unhandy craftsman, a bungler: imperitus, sciolus. *C. S.* 2. A clown, a churl: rusticus, inhospitus quis. *C. S.*

UIPEARACH, -AICHE, *adj.* (Uipear). 1. Unhandy, awkward, unskilful: minimè dexter, inhabilis, imperitus. *C. S.* 2. Clownish, churlish: rusticus, inurbanus, inhospitus. *C. S.*

UIPEARACHD, *s. f. ind.* (Uipearach). 1. Bungling: imperitia. *C. S.* 2. Churlishness: rusticitas, inurbanitas. *C. S.*

UIPINN, -E, -EAN, *s. f.* A treasure, a hoard: acervus, cumulus, gaza. *Stew.* 31.

* Uir, -e, The Irish name of the letter U: nomen Hibernicum literæ U. *O'R.*

ÙIR, -E, et -EACH, *s. f.* 1. Mould, dust, earth: solum, pulvis, terra.

" 'S luath chaidh bhur ceann fuidh 'n *ùir*."
S. D. 348.

Early went your heads (head) beneath the ground. Citò iverunt vestra capita (caput) sub terram. 2. The grave: sepulchrum.

" 'S nach cluinn gu h-ìosal 'n an *ùir*,
" Farum ar ceum a' teachd dlù."
S. D. 142.

And who will not hear low in their grave, the noise of our steps drawing nigh. Et qui non audient infrà in suo sepulchro sonitum nostrorum pedum appropinquantium. *Scot.* Ure. *Jam. Corn.* Oar, et Uor.

UIRCEAN, -IN, -EAN, *s. m.* A pig, grice: porcellus.

" 'S 'n uair theid a mhuc a dhàthadh, 's a cuid
" *uircein* fhaileadh,
" Air claidheamh no air breacan cha bhi tuill-
" eadh bacaidh."
Turn. 243.

When the sow shall be singed, and her pigs stript of their hair, there shall be no more hinderance to sword and plaid. Quum ustulabitur sus, et sui porcelli nudabuntur, non erit plus impedimenti in gladium et sagum versicolor. *Angl.* Urchin. *Scot.* Hurcheon; a hedge-hog: echinus.

UIRCEANACH, -AICHE, *adj.* (Uircean). 1. Abounding in pigs: porcellis frequens. *C. S.* 2. Like a pig: porcello similis. *C. S.*

UIRD, *gen.* et *pl.* of Òrd, q. vide.

ÙIRE, *adj. comp.* of Ùr, q. vide.

ÙIRE, *s. f. ind.* (Ùr, *adj.*) *C. S.* Vide Ùrachd.

UIREAD, *s. m. ind.* So much, as much, *id. et* " Uiread agus," *contr.* " Uiread as." " Cha d' fhàgadh *uiread 's* a h-aon diubh." *Ecs.* xiv. 28. There remained not so much as one of them. Non relictus est vel unus ex iis. " Air son *uiread* airgid *'s* is fiù i, thugadh e dhomh i." *Gen.* xxiii. 9. For as much money as it is worth, let him give it me. Tanto pecuniæ quantum æquum est, det mihi illud.

UIREAS, -IS, *s. m. MSS.* Vide Uireasbhuidh.

UIREASBHACH, -AICHE, *adj.* (Uireasbhuidh). *C. S.* Id. q. Uireasbhuidheach.

UIREASBHACH, -AICH, *s. m.* (Uireasbhuidh), A needy person: pau per. *Llh.*

UIREASBHUIDH, -E, -EAN, *s. f.* (Ùr, et Easbhuidh), Want, indigence, poverty: indigentia, inopia, egestas. " Ann an *uireasbhuidh* nan uile ńithe." *Deut.* xxviii. 48. In want of all things. In inopia omnium rerum.

UIREASBHUIDHEACH, -EICHE, *adj.* (Uireasbhuidh), Indigent, needy, destitute: egenus, indigens, destitutus. " Cha dèan thu fòirneart air seirbhiseach tuarasdail, a tha bochd agus *uireasbhuidheach*." *Deut.* xxiv. 14. Thou shalt not oppress a hired servant who is poor and needy. Ne facito fraudem mercenario qui est pauper et egenus.

UIRGHIOLL, -ILL, *s. m.* 1. The faculty of speech, utterance: facultas dicendi, eloquium. *C. S.* 2. Speech: sermo.

" Do chualas cainnt is *uirghioll* ann,
" Nach tuiginn as am beul."
Ross. Salm. lxxxi. 5.

I heard language and speech there, which I could not understand from their mouth. Audivi dialectum sermonemque illic quos non intelligerem ex eorum ore. 3. A narration: narratio. *MSS.* et *C. S.* 4. An oration: oratio. *MSS.* et *C. S.* 5. A command: præceptum. *O'B.*

UIRGHIOLLACH, -AICHE, *adj.* (Uirghioll), Eloquent: facundus. *Macf. V.*

ÙIRGHREANNACHD, *s. f. ind.* (Ùr, *adj.* et Greann), Puberty, ripeness of age: pubertas, juventus. *Voc.* et *O'B.*

UIRICH, -E, -EAN, *s. f. C. S* Id. q. Uirigh.

UIRIDH, *adv. i. e.* " An uiridh", (an uair a ruith: tempus præteritum). Last year: annus postremus præteritus.

" A mheud 's a fhuair sibh *an uiridh*."
Stew. 420.

As much as you got last year. Quantum accepistis anno postremo. Used also substantively: instar nominis usurpatur.

" 'S olc a dh'fhàg *an uiridh* mi."
R. D.

Miserable has the last year left me. Miserum reliquit me annus postremus.

UIRIGH, -E, -EAN, *s. f.* A couch, a bed: lectum, torus.

" Ŀe deuraibh m' *uirigh* uisgicheam."
Salm. vi. 6.

With tears I water my couch. Lachrymis meum lectum madefacio.

UIRIOLLACH, -AICH, *s. m.* A precipice: præcipitium. *MSS.*

ÙIRIOSAL, } *adj. MSS.* et *C. S.* Vide Iriosal.
UIRISIOL, }

ÙIRLE-THRUIS, *s. f. ind.* Hurly-burly, confusion: turba, tumultus. *Provin.*

ÙIRLIOS, -IS, -AN, *s. m.* (Ùr, *adj.* et Lios), A walled garden: hortus muro cinctus. *MSS.* et *O'B.*

ÙIRNEIS, -E, -EAN, *s. m.* A furnace: fornax. *Macf. V.*

ÙIRNEIS, *s. f. coll.* Tools, instruments: instrumenta. *C. S.* Id. q. Àirneis.

ÙIRNEISEACH, -EICHE, *adj.* (Ùirneis), Furnished with tools, or instruments: instrumentis instructus. *C. S.*

• Uirre, *prep.* conjoined with *pers. pron.* (Air, et I). *MSS.* Vide Oirre.

UIR-FHAMH, -AIMH, -AN, *s. m.* (Ùir, *s.* et Famh), A mole: talpa. *Macf. V.*

UIR-REATHADH, -AIDH, -EAN, *s. m.* A mole: talpa. *O'R.* "Uir fhamh." *Voc.*

UIRSGEUL, -EOIL, -AN, *s. m.* (Ùr, et Sgeul). 1. A fable: fabula. *C. S.* 2. A novel: novella. *C. S.*

UIRSGEULACH, -AICHE, *adj.* (Uirsgeul), Fabulous: fabulosus. *C. S.*

UIRSGEULAICH, -E, -EAN, *s. m.* (Uirsgeul). 1. A teller of stories, or fables, a fabulist: fabularum narrator. *C. S.* 2. A novelist: novellarum scriptor. *C. S.*

ÙIS, -E, *s. f.* Use, utility: usus, utilitas. *C. S.*

UISEAG, -EIG, -AN, *s. f.* A lark, a sky-lark: alauda arvensis. *Linn.* "Cha 'n 'eil deathach an tigh na h-*uiseig*." *Prov.* There is no smoke in the lark's house. Non est fumus (ullus) in domo alaudæ.

UISEAGACH, -AICHE, *adj.* (Uiseag). 1. Abounding in larks: alaudis abundans. *C. S.* 2. Like a lark: alaudæ similis. *C. S.*

ÙISEIL, -E, *adj.* (Ùis). 1. Useful, snug, comfortable: utilis, nitidus. *O'R.* et *C. S.* 2. Dignified, high born, respected: nobilitatus, observatus, bono genere natus. *R. M'D.* 94.

UISG, } -EAN, et -EACHAN, *s. m.* Water: aqua, sensu generali.
UISGE, }

"Shuidh sinne mu chlàrsaichean grinn,
"Aig Lubar nan sèimh-*uisge* caoin."
Fing. iii. 413.

We sat around excellent harps, at Lubar of placid, gentle waters. Sedimus circa citharas præclaras, apud Lubar placidarum-aquarum mitium. "Uisge-beatha." *C. S.* The liquor called whisky: aqua vitæ, potus generosus Scoticus, et Hibernicus. "Uisge-coisrigidh." *C. S.* Holy water: aqua benedicta. "Uisge-nimhe." *C. S.* Aquafortis, vitriolic acid: aquafortis. "Uisge ruith." *C. S.* Running water, a stream: flumen, rivus. "Uisge-fuarain." *C. S.* Spring-well water: aqua fontis. *Wel.* Wsg. *Dav. Arm.* Isge. *Corn.* Isge. *Belg.* Esck.

UISGE-BEATHA, *s. m.* (Uisge, et Beatha), Whisky: aqua vitæ. *Voc. Scot.* Iskiebae.

UISGEACHA', } *pl.* of Uisge, q. vide.
UISGEACHAN, }

UISGEACHADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Uisgich. Watering, act of watering: irrigandi actus. "Tha thu a' fiosrachadh na talmhainn, agus 'g a *uisgeachadh*." *Salm.* lxv. 9. Thou visitest the earth and waterest it. Visitas terram, et irrigas eam.

UISGEALACHD, *s. f. ind.* (Uisgeil), Wateriness: humoris abundantia. *C. S.*

UISGEIL, -E, *adj.* (Uisg). *C. S.* Id. q. Uisgidh.

UISGICH, -IDH, DH, *v. a.* (Uisge), Water: irriga. "Agus chaidh ceò suas o 'n talamh, agus *dh'uisgich* e aghaidh na talmhainn uile." *Gen.* ii. 6. And there went up a mist from the earth, and watered all the face of the ground. Et ascendit vapor e terra, et irrigavit superficiem terræ omnis.

UISGICHTE, *pret. part. v.* Uisgich. Watered, irrigated: irrigatus. *C. S.*

UISGIDH, -E, *adj.* (Uisge). 1. Watery, waterish: aquatilis. *Voc.* et *C. S.* 2. Faint-hearted: formidolosus. *C. S.*

UISGIDHEACHD, *s. f. ind.* (Uisgidh). *C. S.* Vide Uisgealachd.

ÙISINNEACHADH, -AIDH, *s. m.* et *pres. part. v.* Uisinnich. Using, act of using, treatment: usus, utendi actus. *Provin.*

ÙISINNICH, -IDH, DH, *v. a.* (Ùis, *s.*), Use, treat: utere, tracta. *Provin.*

ÙISINNICHTE, *pret. part. v.* Ùisinnich. Used: usus. *Provin.*

UISLIGINN, -E, *s. f.* Disturbance, confusion, rage: perturbatio, furor. *Gill.* 64.

UISLINN, -E, -EAN, *s. f.* Sport, diversion, wantonness: ludus, jocus, lascivia, petulantia. *C. S.*

UIST! *interj.* Silence! Hist!: silentium, sile. *C. S. Wel.* Ust! *Dav.*

ULA, -ACHAN, *s. f.* 1. A beard: barba.

"'N a dhualaibh liath, bha 'dheòir am folach,
"Is '*ula* geal an srannaibh na sìne."
S. D. 73.

ADOPTION, *s.* 1. Act of adopting: uchd-mhacachadh, a' cur an dàimh dhìleas. 2. state of being adopted: uchd-mhacachd.

ADOPTIVE, *adj.* 1. That is adopted by another: uchd-mhacaichte. 2. that adopts: a dh' uchd-mhacaicheas. 3. who is not native: eil'-thireach, air a ghabhail chum dàimh luchd-dùthcha. 4. pertaining to things or persons adopted: uchd-mhacachail.

ADORABLE, *adj.* Urramach, àrd-urramach, glòrmhor, ion-mholtach.

ADORABLENESS, *s.* Urramachd, àrd-urramachd, glòrmhorachd, ion-mholtachd.

ADORABLY, *adv.* See Adorable.

ADORATION, *s.* Aoradh, cràbhadh, naomh-urram.

ADORE, *v. a.* 1. Worship, pay divine honours: thoir aoradh do, dèan aoradh do. 2. reverence, honour, love: urramaich, thoir àrd-urram do, dìanghràdhaich.

ADOREMENT, *s.* See Adoration.

ADORER, *s.* 1. He that adores, a worshipper: fear-aoraidh, fear-cràbhaidh, aoradair. 2. a lover: fear-gaoil, leannan.

ADORN, *v. a.* 1. Dress: sgeadaich, sgèimhich, àilnich, sgiamhaich, maisich, deasaich gu h-àillidh, dèan greadhnach. 2. set out any place or thing with decorations: grinnich, deasaich, dèan sgiamhach, cuir sgiamh, no grinneas air, dèan loinneil. 3. embellish with language: foclaich gu snasmhor, snas-bhriathraich, snas-labhair.

ADORN, *s.* See Ornament.

ADORN, *adj.* See Adorned.

ADORNING, *s.* See Ornament.

ADORNMENT, *s.* See Ornament.

ADOWN, *adv.* 1. Down, towards the ground, from a higher place: sìos, a sìos, gu làr. 2. below: fuidhe, an iochdar. 3. from a higher to a lower point: ùnas.

ADOWN, *prep.* 1. Down, towards the ground: sìos. 2. throughout: air feadh.

ADREAD, *adv.* Fuidh eagal, fuidh gheilt.

ADRIFT, *adv.* Air snàmh, leis an t-sruth, leis a' ghaoth, air iomadan.

ADROIT, *adj.* Deas, ealanta, ealamh, gleusda, clis, làmhchair.

ADROITLY, *adv.* See Adroit.

ADROITNESS, *s.* Ealantachd, gleusdachd, gleus, làmhchaireachd.

ADRY, *adv.* Gu tartmhor, air thart, air phathadh.

ADSCITITIOUS, *adj.* Coimhliontach, a chuirear ri, a bheirear gu nithibh eile chum coimhlionaidh.

ADSTRICTION, *s.* Ceangal, co-cheangal, co-dhaingneachadh, congaidh-cheangail, no dhlùthachaidh.

ADVANCE, *v. a.* et *n.* 1. Bring forward: thoir air aghaidh, thoir am fagus, beir air aghaidh. 2. raise to preferment, aggrandize: àrdaich, meudaich, mòraich, tog gu h-inbhe. 3. improve: leasaich, leighis, ath-leasaich. 4. heighten, grace, give lustre to: breaghaich, àilnich, sgiamhaich. 5. forward, accelerate: thoir air aghaidh, aghairtich, luathaich. 6. propose, offer to the public, bring to view or notice: tairg, thoir am follus, cuir am follus, thoir 's an làthair, foillsich. 7. pay before hand, before it is due: dìol roimh làmh, ioc roimh 'n àm dhligheach. 8. lift up, advance, or display the standard: tog suas, rùisg, taisbein, nochd. 9. come forward: thig air t' aghaidh, thig am fagus, teann ri, dlùthaich ri. 10. Make improvement: cinn, cinnich, fàs.

ADVANCE, *s.* 1. Act of coming forward: teachd air aghaidh, dlùthachadh, teannadh ri, teannadh am fagus. 2. a tendency to come forward to meet a lover, act of invitation: féin-thairsgeadh, suiridh nam ban, tairgseadh, cuireadh-gràidh, iomairt-shuiridh. 3. gradual progression: cinntinn, cinneachadh, teachd air aghaidh. 4. improvement, progress toward perfection: cinntinn, fàs, teachd air aghaidh, soirbheachadh. 5. money given before hand, or in part of a greater sum: airgiod roimh-laimh, eàrlas.

ADVANCEMENT, *s.* 1. Act of coming forward. See Advance, *s.* 1. 2. state of being advanced, preferment: aghartachd, àrdachadh, àirde. 3. act of advancing another: inbh-thabhairt, àrdachadh. 4. improvement, advancement to a higher state of excellence: teachd air aghaidh, soirbheachadh, cinntinn. 5. settlement on a wife: cuibhrionn cùmhnaint mnà.

ADVANCER, *s.* Fear-togail, fear-còmhnaidh, fear-cuideachaidh, fear-leasachaidh, fear-toirt air aghaidh, comhairliche.

ADVANTAGE, *s.* 1. Superiority: barrachd, làmh an uachdair, ceannas. 2. superiority by stratagems, or unlawful means: fàth, car, fàth-ghlacadh. 3. opportunity, convenience: cothrom, goireas, fàth, seòl, seòl maith. 4. favourable circumstances: cothrom, goireas, buannachd, tairbhe. 5. superior excellence: barrachd. 6. gain, profit: buannachd, leas, tairbhe, toradh. 7. overplus, more than mere lawful gain: buannachd neo-dhligheach, no, mi-laghail. 8. preponderation on one side of the comparison: barrachd.

ADVANTAGE, *v. a.* 1. Benefit: leasaich, dean maith do. 2. promote, bring forward: cuir air aghaidh, tog, àrdaich, tog gu h-inbhe, dean stàth do.

ADVANTAGEABLE, *adj.* Tarbhach, buannachdail, feumail, goireasach.

ADVANTAGED, *adj.* Cothromach, air dheadh chothrom, leasaichte.

ADVANTAGE-GROUND, *s.* Cothrom-talmhainn, ionadcothroim.

ADVANTAGEOUS, *adj.* Buannachdail, goireasach, tarbhach, feumail.

ADVANTAGEOUSLY, *adv.* See Advantageous.

ADVANTAGEOUSNESS, *s.* Feumalachd, tairbhe, goireasachd, buannachd.

ADVENE, *v. n.* 1. Accede to something: aontaich le, cuir le. 2. become part of something else, be superadded: bi air do chàireadh ri.

ADVENIENT, *adj.* A chuireas le, a dh' aontaicheas le, a chuirear ri, a ghabhas càireadh ri.

ADVENT, *s.* Teachd, teachd ar Slànuighir, a' mhìos roimh nollaig.

ADVENTINE, *adj.* See Advenient.

ADVENTITIOUS, *adj.* Tuiteamach, tubaisdeach, a bhios air thuiteamas maille ri nithibh eile, nach buin gu sònruichte do ni féin.

ADVENTITIOUSLY, *adv.* See Adventitious.

ADVENTIVE, *adj.* See Adventitious.

ADVENTRY, *s.* See Enterprise.

ADVENTUAL, *adj.* A bhuineas do àm teachd ar Slànuighir, a bhuineas do dhleasdanasaibh na mìosa roimh nollaig.

ADVENTURE, *s.* 1. An accident, chance, hazard: tuiteamas, tapadh, tubaist. 2. (at all adventures): neo-amasachd. Blows at all adventures: buillean gun amas, gun chuimse. 3. occasion of casual events, an enterprise in which something must be left to hazard: deuchainn, oidheirp, feuchainn, ionnsuidh.

ADVENTURE, *v. a.* et *n.* 1. Put into the power of chance: feuch, thoir deuchainn do, dean oidheirp, oidheirpich, thoir ionnsuidh. 2. dare: gabh misneach, seas ri.

ADVENTURER, *s.* Fear-deuchainn, fear-iomairt, fear-misnich, fear-fuadain, falbhanach, ceatharnach-siubhail, fear-dàna, gnìomhaiche.

ADVENTURESOME, *adj.* See Adventurous.

ADVENTURESOMENESS, *s.* See Adventurousness.

ADVENTUROUS. *adj.* Inclined to adventures, bold, daring, courageous: misneachail, cruadalach, dàna, deuchainneach, tapaidh, gleusda, oidhirpeach, gaisgeil, allabanach.

ADVENTUROUSLY, *adv.* See Adventurous.

ADVENTUROUSNESS, *s.* Misneach, cruadalachd, dànachd, gleusdachd, gaisgealachd, allabanachd.

ADVERB, *s.* Cean-bhriathar, ceann-fhocal.

ADVERBIAL, *adj.* 1. Which has the quality, or structure of an adverb: ceann-briathrach, aig am bheil neart, no eoslas ceann-fhocail. 2. making use of adverbs: a gnàthaicheas ceann-fhocail.

ADVERBIALLY, *adv.* See Adverbial.

ADVERSARIA, *s.* Gnè leabhair cunntais, no-sgrìobhaidh.

ADVERSARY, *s.* Eas-caraid, nàmh, nàmhaid.

ADVERSATIVE, *adj.* A ni eadar-dhealachadh bhuadhan, ann am mìneachadh.

ADVERSE, *adj.* 1. Acting in contrary directions: tarsuinn, crosda, an aghaidh a chéile, a' cur an aghaidh, an aghaidh. Adverse to my hope: an aghaidh mo dhòchais. 2. *fig.* contrary to the wish, or desire, calamitous, afflictive, pernicious: dìobhaileach, àmhgharach, ànrach, calldach, dochannach, sgriosail. 3. personally opponent: nàimhdeil.

ADVERSELY, *adv.* See Adverse.

ADVERSE, *v. a.* Cuir an aghaidh, cog ri.

ADVERSENESS, *s.* Crosdachd, tarsuinneachd, naimhdeas.

ADVERSITY, *s.* 4. Cause of sorrow, affliction, misfortune: fàth bròin, truaighe, mi-shealbh, an-shocair, doilgheas, cruaidh-chàs. 2. state of unhappiness, misery: truaighe, àmhghar, teinn, dosgainn, ànradh, doilghios.

ADVERT, *v. a.* et *n.* 1. Attend to, regard: thoir fainear, thoir aire do, gabh suim do. 2. regard, consider attentively: beachdaich, gabh suim, dearc.

ADVERTENCE, } *s.* Aire, beachd, dearcadh.
ADVERTENCY, }

ADVERTENT, *adj.* Aireachail, beachdail, suimeil.

ADVERTISE, *v. a.* 1. Inform another, give notice: thoir fios, thoir sgeul, thoir rabhadh, thoir sanas. 2. give notice of any thing by advertisement in public prints: thoir rabhadh nu ni le 'ainmeachadh an litir naigheachd. 3. advertise by proclamation: glaodh, gairm, glaodh os àird.

ADVERTISEMENT, *s.* 1. Instruction, admonition: sanas, rabhadh, fios. 2. intelligence, information: sgeul, naigheachd, fios. 3. (in a newspaper): rabhadh fhollaiseach ann an litir naigheachd. 4. (by proclamation): glaodh, gairm, rabhadh fhollaiseach.

ADVERTISER, *s.* 1. He that gives intelligence, or information: fear-sgéil, fear-naigheachd, fear-innsidh, fear-rabhaidh, fear-sanais. 2. The paper in which advertisements are published: litir naigheachd.

ADVERTISING, *adj.* A bheir fios, sgeul, rabhadh, naigheachd, no sanas.

ADVESPERATE, *v. n.* Tarruing gu feasgar, fàs anmoch.

ADVICE, *s.* 1. Counsel, instruction: comhairle, earail, teagasg. 2. reflection, prudent consideration: comhairle, deadh bheachd, deadh chomhairle. 3. consultation: comhairle, co-chomhairle. 4. intelligence: naigheachd, fios, rabhadh.

ADVICE-BOAT, *s.* Bàta-rabhaidh, bàta luath.

ADVIGILATE, *v. a.* Dean faire chùramach.

ADVISABLE, *adj.* 1. Open to advice: so-chomhairlichte, a ghabhas comhairle. 2. prudent, fit to be advised: glic, ciallach, iomchuidh, freagarrach.

ADVISE, *v. a.* et *n.* 1. Counsel: comhairlich, comhairlich do, thoir earail do, thoir seòladh do, seòl. 2. give information, inform: thoir fios, thoir sgeul, thoir naigheachd. 3. consult with: gabh comhairle le, cuir comhairle ri. 4. consider, deliberate: beachd-smuainich, gabh suim do.

ADVISED, *adj.* 1. Acting with deliberation, prudent, wise: crionna, glic, sicir. 2. performed with deliberation: crionna, glic.

ADVISEDLY, *adv.* See Advised.

ADVISEDNESS, *s.* Comhairleachd, gliocas, crionnachd, ciallachd.

ADVISEMENT, *s.* 1. Counsel, information: comhairle, fios, rabhadh. 2. prudence, circumspection: crìonnachd, seòltachd, faiceallachd.

ADVISER, *s.* Comhairleach, fear-comhairle, fear-seòladh.

ADVISING, *s.* Comhairle, earail, seòladh.
ADVISO, *s.* See Advice.
ADULATION, *s.* Sodal, miodal, brosgal.
ADULATOR, *s.* Fear-sodail, fear-miodail, fear-brosgail.
ADULATORY, *adj.* Sodalach, miodalach, brosgalach.
ADULT, *adj.* Air teachd gu h-aois, no gu làn-fhàs, mòr.
ADULT, *s.* Neach air teachd gu h-aois, neach air làn-fhàs, duine dèanta.
ADULTED, *adj.* See Adult, *adj.*
ADULTER, *v. n.* 1. Commit adultery: dean adhaltrannas. 2. pollute, stain: truaill, salaich.
ADULTERANT, *s.* Fear-adhaltrannais, neach, no, ni a thruailleas, no a shalaicheas.
ADULTERATE, *v. a.* et *n.* 1. Commit adultery: dean adhaltrannas. 2. corrupt by foreign admixture: truail, no, mill le coimeasgadh.
ADULTERATE, *adj.* 1. Guilty of adultery: adhaltrach, adhaltrannach. 2. corrupted with foreign mixture: truaillte, no, millte le coimeasgadh.
ADULTERATELY, *adv.* See Adulterate, *adj.*
ADULTERATENESS, *s.* See Adulteration, 2.
ADULTERATION, *s.* 1. Act of adulterating: truaillеadh, no salchadh le coimeasgadh, truailleadh. 2. state of being adulterated: truaillidheachd, sal, salchar.
ADULTERER, *s.* Adhaltrannach, fear-adhaltrannais.
ADULTERESS, *s.* Ban-adhaltrannaiche.
ADULTERINE, *s.* Leanabh adhaltrannach, sìol adhaltrach.
ADULTERINE, *adj.* Truaillidh, truaillte, diòlain.
ADULTEROUS, *adj.* 1. Guilty of adultery: adhaltrannach. 2. spurious, corrupt: truaillidh, truaillte, diòlain.
ADULTEROUSLY, *adv.* See Adulterous.
ADULTERY, *s.* 1. Act of adultery: adhaltras, adhaltrannas. 2. adulteration, corruption: truaillleadh, salachadh.
ADUMBRANT, *adj.* A bheir fann-choltas.
ADUMBRATION, *s.* 1. Act of adumbrating: toirt fann choltais. 2. a faint resemblance, or a sketch: fann-choltas. 3. (in heraldry): dealbhsgàile air gearradh arm.
ADUMBRATE, *v. a.* Thoir fann-choltas.
ADUNATION, *s.* Aonadh, aonachd, aonachas.
ADUNCITY, *s.* Caime, fiaradh, lùbadh.
ADUNQUE, *adj.* Cam, fiar, crom, air chumadh dubhain, cromagach.
ADVOCACY, *s.* Tagradh, dian-thagradh, leithsgeul.
ADVOCATE, *s.* Fear-tagraidh, tagrair, tagradair, fear-tagraidh an cùirt-lagha, adhnadh.
ADVOCATE, *v. a.* Tagair, seas, dìon cùis.
ADVOCATESHIP, *s.* 1. Duty, or place of an advocate: dreuchd, no inbhe fear-tagraidh. 2. the assistance, or support of a great person in a suit: dìon o dhuine mòr an cùis-lagha.
ADVOCATESS, *s.* Bean-tagraidh.
ADVOCATION, *s.* 1. Office, or act of pleading: tagradh, tagartas, gairm-tagraidh. 2. (in a religious sense): eadar-ghuidhe.
ADVOLATION, *s.* Iteag gu, itealach gu, no, chùmionaid, no, ni.
ADVOLUTION, *s.* Cuairt-charachadh gu ni-eigin eile.
ADVOUTERER, *s.* See Adulterer.
ADVOUTRESS, *s.* See Adultress.
ADVOUTROUS, *adj.* See Adulterous.
ADVOUTRY, *s.* See Adultery.
ADVOWÉ, *s.* Neach aig am bheil beathachadh eaglais r̀ a thoirt seachad.
ADVOWSON, *s.* Còir air beathachadh eaglais thoirt seachad.
ADURE, *v. n.* Loisg suas.
ADUST, *adj.* Loisgte, ion-loisgte, cnàmhta.
ADUSTED, *adj.* 1. Burnt, scorched, dried with fire: loisgte, seargta le teas, no, le teine, tiormaichte r̀i teine. 2. Hot, as the complexion: lasgar, garg, teth.
ADUSTIBLE, *adj.* A ghabhas losgadh, no seargadh le teine, no, le teas.
ADUSTION, *s.* Losgadh suas, tiormachadh le teas, seargadh le teas.
ADZE, *s.* Tàl.
AEGIS, *s.* Sgiath, sgiath-chòmhraig.
AEGILOPS, *s.* 1. A tumour, or swelling in the corner of the eye: at, no neasgaid an ceann na sùla. 2. a plant, supposed a cure for such an ailment: lus a leighiseas an galar a dh' ainmicheadh.
AEGLOGUE, *s.* See Eclogue.
AEGYPTIACUM, *s.* Acfuinn-shuaite àraidh dèanta le mil, umh-mheirg, agus fion geur.
AENIGMA, *s.* See Enigma.
AENIGMATIZE, *v.* See Enigmatize.
AENIGMATIC, *adj.* See Enigmatic.
AEOLIPILE, *s.* See Eolipile.
AERIAL, *adj.* 1. Belonging to the air, or consisting of it: adharail, a bhuineas do 'n adhair, iarmailteach. 2. produced by air: adharail, gaothar, gaothach. 3. inhabiting the air: a chòmhnuicheas 's an speur, a thig beò 's an speur, no 's an àileadh, speuranta, adharail. 4. placed in the air: adharail, air a shuidheachadh 's an adhar, 's an speur, no, 's an àileadh. 5. high, elevated in situation: àrd, a sheallas 's an speur, àrdaichte.
AERIE, *s.* 1. The nest of birds of prey: nead eòin fhuileachdaich air bith. 2. a young brood of hawks: àlach òg sheabhaig.
AERIFORM, *adj.* Mar an t-adhair, no 'n t-àileadh, air chruth adharail.
AEROGRAPHY, *s.* Sgrìobhadh mu 'n àileadh, no mu 'n adhar.
AEROLOGY, *s.* Teagasg mu 'n àileadh, no mu 'n adhar.
AEROMANCY, *s.* Speuradaireachd, adhar-gheasachd.
AEROMETER, *s.* Adhar-mheidh.
AEROMETRY, *s.* Adhar-thomas.
AERONAUT, *s.* Adhar-sheòladair.
AEROSCOPY, *s.* Speuradaireachd, speur-choimhead.
AEROSTATION, *s.* Adhar-thomhas, eòlas, tomhas an àileidh.
AETHIOPS-MINERAL, *s.* Meinn-Aetiopach, cungaidh-leighis de mheasgadh pronnuisc 's airgid beò.
AETITES, *s.* Clach-iolaire.
AFAR, *adv.* See Far.
AFEARD, *adj.* Eagalaichte, geiltichte.

AFER, *s.* A' ghaoth 'n iar dheas.

AFFABILITY, *s.* Suairceas, fosgarachd, ceanaltas, cùirtealachd, fosgailteachd.

AFFABLE, *adj.* 1. Easy of manners, courteous: suairce, fàilteach, sith-mhallda, cionalta. 2. applied to the external appearance: aoidheil, fiamh-ghàireach, fosgailte, aobhach.

AFFABLENESS, *s.* Suairceachd, cionaltachd, aoidhealachd, fosgailteachd, aobhachd.

AFFABLY, *adv.* See Affable.

AFFABROUS, *adj.* Sàr-dhèanta, deànta mar le fear céird.

AFFAIR, *s.* 1. Something to be managed, or transacted: gnothuch, cùis. 2. a partial engagement, a duel: cùis, còmhrag.

AFFAMISH, *v. a.* Pian le h-ocras, cuir a' ghort ann.

AFFAMISHMENT, *s.* Staid ocrach, gortachd.

AFFEAR, *v. a.* See Fear, *v.*

AFFEAR, *v. n.* Daingnich, suidhich.

AFFECT, *s.* 1. Affection, passion: faireachduinn, mothachadh, déigh na h-inntinn. 2. quality, circumstance: buaidh, cùis.

AFFECT, *v. a.* 1. Act upon, produce effects in any other thing: drùigh air, buin ri, thoir air faireachduinn. 2. move the passions: gluais inntinn, drùigh air, gluais, dùisg. 3. aim at, endeavour after: feuch ri, oidhirpich, iarr an déigh. 4. tend to, (of things): gabh coslas ort, aom gu. 5. be fond of, love: gabh déigh air, gluais aigneadh le gràdh. 6. make a shew of something: gabh ort. 7. imitate in an unnatural manner: dean atharrais air, lean gu dall. 8. convict one of some crime: dearbh air.

AFFECTATED, *adj.* Mi-nàdurra do, air dhòigh neach eile.

AFFECTATION, *s.* 1. Fondness, high degree of liking: mòr-thlachd fior-dhéigh. 2. an artificial shew: baoth-choslas. 3. affection, or liking simply: gràdh, tlachd, déigh. 4. the act of desiring, or aiming at: iarruidh, miann-dhéigh.

AFFECTED, *adj.* 1. Moved, touched with affection: luaisgte le droch, no le deadh rùn, rùn-iompaichte. 2. studied with over much care, or with an hypocritical appearance: mi-nàdurra, sgleòthach. 3. full of affectation: pròiseil, moiteil, sròmaiseach.

AFFECTEDLY, *adv.* See Affected.

AFFECTEDNESS, *s.* Feàll-ghnàthachd, pròisealachd, moitealachd.

AFFECTER, *s.* See Affector.

AFFECTINGLY, *adv.* Gu drùighteach, air mhodh maothachaidh, air dhòigh faireachduinn.

AFFECTION, *s.* 1. The state of being affected: faireachduinn, gluasad-inntinn. 2. passion of any kind: togradh, iarrtas, cion, rùn, déigh. 3. love, kindness: gràdh, gaol. 4. good will to any object: deadh-rùn, deadh-dhùrachd. 5. state of the mind in general: staid-inntinn. 6. quality, property: gnè, buaidh. 7. state of the body: faireachduinn eu-slaint, no, slàinte. 8. lively representation in painting: dealradh beothail dhealbhan.

AFFECTIONATE, *adj.* 1. Full of affection: gràdhach, gaolach, caidreach, carthannach. 2. strongly inclined to: deothasach, déigheil. 3. fond, tender: caidreach, carthannach, teò-chridheach. 4. benevolent, tender: teò-chridheach, caoimhneil.

AFFECTIONATELY, *adv.* See Affectionate.

AFFECTIONATENESS, *s.* Carthannachd, teò-chridheachd.

AFFECTIONED, *adj.* 1. Affected, conceited: pròiseil, moiteil, sròmaiseach. 2. inclined, mentally disposed: gaolach, gràdhach, déigheil, toigheach.

AFFECTIOUSLY, *adv.* Gu dùrachdach, gu déigheil.

AFFECTIVE, *adj.* Tiomachail, a ruigeas an cridhe.

AFFECTIVELY, *adv.* See Affective.

AFFECTOR, } *s.* Fear-leanmhuinn ùr-chleachdannan,
AFFECTER, } fear-gabhail air féin cleachdaidh no coslais nach buin da, fear-atharrais.

AFFECTUOSITY, *s.* Braiseachd-iarrtais, teas-inntinn.

AFFECTUOUS, *adj.* Dian, teth, miannach.

AFFERE, *v. a.* Daingnich gu laghail, suidhich.

AFFERORS, *s.* Luchd-leagail ùmhlaidh an cuirt-lagha.

AFFETUOSO, *adj.* Gaolach, tlà-cheòlach.

AFFIANCE, *s.* 1. A marriage-contract: cordadh-pòsaidh, cùmhnant-pòsaidh. 2. trust in general: muinghin, earbsa, dòchas, bun. 3. trust in the divine promises and protection: muinghin, earbsa, dochas, bun.

AFFIANCE, *v. a.* 1. Betroth, bind any one by promise to marriage: réitich, dean coimh-cheangal pòsaidh. 2. give confidence: cuir muinghin ann, misnich le h-earbsa.

AFFIANCER, *s.* Fear-réitich, fear-ceangail-cùmhnaint-pòsaidh.

AFFIDATION, } *s.* Coimh-cheangal-pòsaidh, geall-
AFFIDATURE, } adh-pòsaidh, co-aontachadh fuidh bhòid.

AFFIDAVIT, *s.* Mionnan, teisteas air fhocal.

AFFIED, *adj.* Co-cheangailte le cùmhnant.

AFFILE, *v. a.* Dean mìn le eighe.

AFFILIATION, *s.* Uchdmhachachd, uchd-mhacachadh.

AFFINAGE, *s.* Meiteil-ghlanadh an suacan.

AFFINED, *adj.* Ceangailte le bann dàimhe, càirdeach, dìleas.

AFFINITY, *s.* 1. Relation by marriage: cleamhnas. 2. relation to, connexion with, (of things): dàimh, samhlachd.

AFFIRM, *v. a.* et *n.* 1. Declare positively: dian-abair, spreig. 2. ratify, or approve a former law: daingnich, ath-shuidhich. 3. tell confidently, declare: cuir an céill, dearbh, spreig.

AFFIRMABLE, *adj.* A dh' fhaodar a chur an céill, a ghabhas daingneachadh.

AFFIRMABLY, *adv.* See Affirmable.

AFFIRMANCE, *s.* 1. Confirmation, opposed to repeal: daingneachadh, suidheachadh. 2. confirmation, simply: dearbhachd, daingneachd.

AFFIRMANT, *s.* Fear-dearbhaidh, fear-daingneachaidh.

AFFIRMATION, *s.* 1. The act of affirming, or declaring: dearbhadh, cur an céill, spreagadh. 2. the position affirmed: ràdh. 3. confirmation opposed to repeal: daingneachadh, suidheachadh.

AFFIRMATIVE, *adj.* 1. That which affirms, opposed

to negative: a dhearbhas, a chòmhdaicheas. 2. that which may be affirmed: a dh'fhaodar a ràdh, a ghabhas aithris. 3. positive, dogmatical: dan-arra, diorasach, glic 'n a bharail féin.

AFFIRMATIVE, *s.* Ràdh, daingneachadh.

AFFIRMATIVELY, *adv.* Gu dearbhta, gu deimhinn, gu cinnteach.

AFFIRMER, *s.* Fear-cuir an céill, fear-dearbhaidh, fear-daingneachadh.

AFFIX, *v. a.* 1. Unite to the end: ceangail ri, cuir ri, tàth. 2. connect consequentially: co-cheangail, cuir an déigh. 3. fasten, or fix: suidhich air, càirich air, ceangail.

AFFIX, *s.* Earball-iasaid, focal beag ceangailte ri deireadh focail eile.

AFFIXION, *s.* 1. The act of affixing: co-cheangal, tàthadh, dlùthadh. 2. the state of being affixed: co-cheangal, co-cheangaltas.

AFFLATION, *s.* Analachadh, séideadh.

AFFLATUS, *s.* Analachadh, comas fàisneachd, analachadh an Spiorad.

AFFLICT, *v. a.* 1. Put to pain, grieve: pian, goirtich, cuir doilghios air, trioblaidich. 2. break, overthrow: bris, sàruich, buail, sgap, claoidh.

AFFLICTEDNESS, *s.* Doilghios, àmhghar, an-shocair.

AFFLICTER, *s.* Fear-sàruchaidh, piantair, fear-claoidh.

AFFLICTINGLY, *adv.* Gu doilghiosach, gu h-àmhgharach, air mhodh trioblaideach.

AFFLICTION, *s.* 1. The cause of pain, or sorrow, calamity: trioblaid, an-shocair, àmhghar, teinn. 2. the state of sorrowfulness: doilghios, bròn, càdh, àmhghar, airc.

AFFLICTIVE, *adj.* Doilghiosach, cràiteach, trioblaideach, àmhgharach.

AFFLICTIVELY, *adv.* See Afflictive.

AFFLUENCE, *s.* 1. The act of flowing to one place, concourse: co-chruinneachadh, dòmhlachadh. 2. exuberance of riches tòic, mòr-mhaoin, beartas, saoibhreas.

AFFLUENCY, *s.* See Affluence.

AFFLUENT, *adj.* 1. Flowing to any part: a' tòrradh, a' co-chruinneachadh. 2. abundant, wealthy: pailt, saoibhir, beartach.

AFFLUENTLY, *adv.* See Affluent.

AFFLUENTNESS, *s.* Beartas, saoibhreachd.

AFFLUX, *s.* 1. The act of flowing to some place: cruinneachadh, sruthadh. 2. that which flows to another place: sruth, maoin-ruith.

AFFLUXION, *s.* 1. The act of flowing to a particular place: sruthadh, cruinneachadh, lìonadh. 2. that which flows from one place to another: sruth.

AFFORD, *v. a.* 1. Yield, or produce: thabhair a mach, thoir seachad. 2. grant, or confer any thing: builich, thabhair, deònaich. 3. be able: bi comasach, bi murrach. 4. be able to bear expenses: bi comasach giùlan le, bi murrach air.

AFFOREST, *v. a.* Fàsaich, frìthich, cuir fuidh choille, dean talamh 'n a fhrìth.

AFFORESTATION, *s.* Frìth.

AFFRANCHISE, *v. a.* Saor, dean saor.

AFFRANCHISEMENT, *s.* Saorsa, cuing-fhuasgladh.

AFFRAP, *v. a.* Buail, buail builie.

AFFRAY, *v. a.* 1. Frighten, terrify: cuir eagal air, geiltich. 2. put one in doubt: cuir fuidh iomcheist, cuir fuidh amharus.

AFFRAY, } *s.* 1. A tumultuous assault: caon-
AFFRAYMENT, } ag, sabaid, carraid, tuasaid, iorghuill. 2. tumult, confusion: aimhreit buaireas.

AFFRET, *s.* Còmhrag dian, comh-stri bheumnach.

AFFRICTION, *s.* Suathadh r' a chéile.

AFFRIENDED, *adj.* Réitichte, air còrdadh.

AFFRIGHT, *v. a.* Cuir eagal air, cuir fuidh gheilt, cuir ogluidheach air.

AFFRIGHT, *s.* 1. Terror, fear: eagal, geilt, giorag, ogluidheachd, uamhann. 2. the cause of fear: cùis-eagail, ni uamhannach.

AFFRIGHTEDLY, *adv.* Gu h-eagalach, gu gealtach.

AFFRIGHTER, *s.* Bòcan, culaidh-eagail.

AFFRIGHTFUL, *adj.* Eagalach, oillteil, uamhannach.

AFFRIGHTMENT, *s.* 1. The impression of fear: geilt-chrith, mòr-eagal, ogluidheachd. 2. the state of fearfulness: gealtachd, ogluidheachd.

AFFRONT, *v. a.* 1. Meet face to face: cuir aghaidh ri aghaidh, thoir aghaidh air. 2. meet in an hostile manner: thoir aghaidh air, buail aghaidh, thoir aghaidh do. 3 offer an open insult: thoir masladh follaiseach do, thoir tàir do, maslaich e, nàraich e.

AFFRONT, *s.* 1. Insult offered to the face, rude treatment: masladh, tàir, tarcuis, aghaidh dhearg, tàmailt. 2. outrage, act of contempt in a more general sense: oilbheum, culaidh-ghràineachaidh 3. open opposition: brosnachadh, tàmailt, dùbhlan. 4. disgrace, shame: tàir, tàmailt.

AFFRONTER, *s.* Fear-nàrachhaidh, duine tarcuiseach.

AFFRONTING, *adj.* Tarcuiseach, spìdeil, tàireil.

AFFRONTIVE, *adj.* Tarcuiseach, tàmailteach, spìdeil.

AFFRONTIVENESS, *s.* Tarchuiseachd.

AFFUSE, *v. a.* Taom air, dòirt an ceann a chéile.

AFFUSION, *s.* Dòrtadh, co-mheasgadh.

AFFY, *v. a.* 1. Betroth, in order to marriage: dean coimhcheangal-posaidh ri. 2. bind, join: co-cheangail, aon ri. 3. put confidence in, confide: cuir dòchas ann, earb as.

AFIELD, *adv.* 1. To the field: gus an achadh, a mach, do'n raon. 2. in the field: a muigh, air an achadh, air an raon, air faich.

AFIRE, *adv.* 'N a theine, gu teinnteach.

AFLAT, *adv.* Air làr, gu sìnteach, gu còmhnard.

AFLOAT, *adv.* Air uachdar, air snàmh.

AFOOT, *adv.* 1. On foot, 'g a chois. 2. in action, as, a design is on foot: air chois. 3. in motion: air ghluasad.

AFORE, *prep.* 1. Not behind: air thoiseach air, roimhe. 2. nearer in place: roimh. 3. sooner in time: roimh. 4. prior, or superior to: roimh air thoiseach air. 5. under the notice of: fuidh chomhair, an làthair. 6. in the power of, noting the right of choice: an comas, roimh 'n t'sùil.

AFORE, *adv.* 1. In time foregone: cheana, roimhe so. 2. first in the way: air thoiseach. 3. in

front: 's an toiseach. 4. rather than: seach, mu'n, roimh.

AFORE-GOING, *adj.* A dol roimhe, roimh-ainmichte.

AFOREHAND, *adv.* 1. By a previous provision: roimh-làimh. 2. provided, prepared: roimh-làimh, dèanta cheana, ullamh roimh-làimh.

AFOREMENTIONED, *adj.* Roimh-ainmichte.

AFORESAID, *adj.* A thubhairteadh, roimh-aimnichte.

AFORETIME, *adv.* Roimhe so, 's an àm a chaidh seachad.

AFRAID, *adj.* Fuidh eagal, làn geilte, geilt-ghlacta, eagallach.

AFRESH, *adv.* As ùr, a rìs.

AFRICAN, *adj.* Africanach.

AFRICAN, *s.* 1. A native of Africa: Africanach: 2. a kind of marigold: seòrsa bile-bhuidhe.

AFRICK, *s.* Africa, tìr Africa.

AFRIC, *adj.* Africanach.

AFRONT, *adv.* 1. In front, in direct opposition to the face: ri aghaidh, ri clàr eudain. 2. simply, in front: roimh ghnùis, air tùs.

AFT, *adv.* O thoiseach gu deireadh na luinge, 's an deireadh, gus an deireadh.

AFTER, *prep.* 1. Following in place: an déigh, air déigh. 2. in pursuit of: an déigh. 3. behind: am fochair, an taic, an déigh. 4. posterior, in time: an déigh. 5. according to: a réir, mar. 6. in imitation of: a réir, air an dòigh cheudna.

AFTER, *adv.* 1. In succeeding time: an àm an déigh, 's an àm ri tighinn. 2. following another: as déigh, 'n a dhéigh sin.

AFTER, *s.* Àm a leantuinn, tìm a tighinn, tìm an déigh.

AFTER-ACCEPTATION, *s.* Gabhail ri an déigh, ath-ghabhail.

AFTER-ACCOUNT, *s.* Latha-cunntais, cunntas an déigh, ath-chunntas.

AFTER-ACT, *s.* Gnìomh an déigh, ath-ghnìomh.

AFTER-AGE, *s.* Àl ri teachd, linn n' ar déigh.

AFTER-AGES, *s.* Linntean ri teachd, deireadh linntean, àl 'n ar déigh, sliochd, ginealaich dheireannach.

AFTER-ALL, *adv.* An déigh na h-uile ni, fadheòidh, mu dheireadh.

AFTER-APPLICATION, *s.* Ath-dhìchioll, dìchioll an déigh.

AFTER-ATTACK, *s.* Bualadh an déigh, ath-ionnsuidh.

AFTER-BAND, *s.* Ceangal ri teachd, bann a leanas.

AFTER-BEARING, *s.* Ath-chinneachadh, ath-fhàs, ath-ghiùlan.

AFTER-BIRTH, *s.* Breith an déigh, sreothanan òig aoin.

AFTER-CLAP, *s.* Ath-bhuille, ùr-bhuille, ath-chlisgeadh.

AFTER-COMER, *s.* Ath-fhear, fear a leanas.

AFTER-COMFORT, *s.* Ath-shòlas.

AFTER-CONDUCT, *s.* Ath-ghiùlan.

AFTER-CONVICTION, *s.* Ath-dhearbhadh, ath-agartas.

AFTER-COST, *s.* Ath-chostus, ath-fhiachan, ùr-dhìol.

AFTER-COURSE, *s.* Àm an déigh, ath-chaithe-beatha.

AFTER-CROP, *s.* Ath-bhàrr, an dara-bàrr.

AFTER-DAYS, *s.* Ath-làithibh, làithibh ri teachd, ginealaich ri teachd, ath-linntean.

AFTER-DINNER, *s.* An déigh dìnneireach.

AFTER-EATAGE, *s.* Ath-itheadh, ath-bhàrr.

AFTER-ENDEAVOUR, *s.* Ath-oidheirp, ath-dheuchainn.

AFTER-ENQUIRY, *s.* Ath-rannsachadh, ath cheasnachadh.

AFTER-EYE, *v. a.* Cùm sùil air, lean le d' shùil.

AFTER-GAME, *s.* Ath-innleachd, ath-chluich, seòl ùr an déigh calldaich.

AFTER-GATHERING, *s.* Ath-thrusadh, dioghlum.

AFTER-HELP, *s.* Ath-chuideachadh, còmhnadh an déigh.

AFTER-HOPE, *s.* Dòchas ri teachd, ath-dhòchas.

AFTER-HOURS, *s.* Ath-uairean.

AFTER-IGNORANCE, *s.* Ath-aineolas, ùr-aineolas.

AFTER-KINGS, *s.* Ath-righrean, righrean a lean.

AFTER-LIFE, *s.* 1. The remainder of life, còrr-beatha. 2. life after this: ath-bheatha.

AFTER-LIVER, *s.* Fear ath-linnteann, fear ginealaich ri teachd.

ARTER-LIVING, *s.* Còrr-beatha, ath-làithean,

AFTER-LOVE, *s.* Ath-ghràdh, ath-ghaol.

AFTER-MALICE, *s.* Ath-fhuath, ath-thnù.

AFTER-MATH, *s.* Ath-bhàrr, ath-ghearradh feòir.

AFTER-MEETING, *s.* Ath-choinneamh, ath-choinneachadh.

AFTERMOST, *adj.* Air deireadh, deirreanach.

AFTER-NOON, *s.* Feasgar, an déigh a' mheadhoin latha.

AFTER-NOURISHMENT, *s.* Ath-lòn, ath-theachd-an-tìr.

AFTER-PAINS, *s.* Ath-phiantan.

AFTER-PART, *s.* Ath-chuid, a' chuid mu dheireadh.

AFTER-PIECE, *s.* Cluich-goirid an àm sgaoilidh an tigh chluiche.

AFTER-PROOF, *s.* 1. Evidence posterior to the thing in question: ath-dhearbhadh, ath-sholus, ath-chòmhdach. 2. qualities known by subsequent experience: dearbhadh-eòlais, fios-aithne.

AFTER-RECKONING, *s.* Cunntas ri teachd, ath-dhìoladh.

AFTER-REPENTANCE, *s.* Aithreachas ri teachd; ath-leasachadh-beatha.

AFTER-REPORT, *s.* Ath-naigheachd, ath-fhios.

AFTER-ROTTENNESS, *s.* Ath-ghrodadh.

AFTER-STATE, *s.* Ath-chor an saoghal eile.

AFTER-STING, *s.* Ath-ghath, ath-ghuin.

AFTER-STORM, *s.* Ath-dhoinnean, grad-shéideadh.

AFTER-SUPPER, *s.* An déigh suipeir, roimh àm codail.

AFTER-TASTE, *s.* Ath-bhlas.

AFTER-THOUGHT, *s.* Ath-smuain, ath-chomhairle.

AFTER-TIME, *s.* Àm ri teachd, àm an déigh.

AFTER-TOSSING, *s.* Ath-luasgadh, luasgan tuinne an déigh doinnein, ath-thulgadh tuinne.

AFTER-UNDERTAKER, *s.* Ath-fhear-gnothaich, fear-ùr-gniomh-ghlacaidh.

AFTERWARD, *adv.* An déigh sin, an déigh làimh.

AFTERWISE, *adj.* Glic an déigh làimh, cearbach.

AFTER-WIT, *s.* Gliocas á thrà, comhairle anmoch.

AFTER-WITNESS, *s.* Fianuis rì teachd, fianuis an déigh so.
AFTER-WRATH, *s.* Ath-fhearg.
AFTER-WRITERS, *s.* Ath-sgrìobhadairean, luchd-sgrìobhaidh an déigh so.
AFTWARD, *adj.* See Aftermost.
AGA, *s.* Aga, ceannard mòr 's an arm Thurcach.
AGAIN, *adv.* 1. A second time, once more: a rìs, an dara h-uair, uair eile. 2. on the other hand: air an làimh eile, mu choinneamh sin. 3. on another part: air an taobh eile. 4. in return, reciprocal action: a rìs, air ais. 5. back, in restitution: air ais, rìs. 6. in recompence: air ais, air a shon, a rìs. 7. in order of rank or succession, making distribution: a rìs, an ath. 9. twice as much: uiread eile, uiread a rìs. 10. again, and again: a rìs 's a rìs, iomad uair. 11. opposition, resistance: an aghaidh, air ais, a rìs. 12. back, returning from some message: air ais. 13. in answer: a rìs, air ais.
AGAINST, *prep.* 1. In opposition to any person: an aghaidh. 2. contrary, opposite in general: an aghaidh, mu chomhair, mu choinneamh. 3. contradiction: an aghaidh. 4. contrary motion: an aghaidh. 5. contrary to rule, or law: an aghaidh. 6. opposite to, in place: mu choinneamh, thàll mu chomhair. 7. to the hurt of another: an aghaidh. 8. in provision for: air chionn, air son.
AGAIN-WARD, *adv.* An taobh so a rìs, an so a rìs.
AGALXY, *s.* Cion-bainne.
AGAPE, *adv.* Gu braoisgeil, le ioghnadh, craos-fhosgailte.
AGARICK, *s.* Cungaidh-leighis de bhàrr-daraich.
AGARICK, *s.* Cungaidh dathaidh de bhàrr learaig.
AGAST, *adv.* Le grad uamhunn, le grad-chlisgeadh, fuidh ioghnadh le mòr eagal, fuidh bhàll-chrith, fuidh gheilt.
AGATE, *adv.* Air an rathad, a' falbh.
AGATE, *s.* Agat, clach-luachmhor, clach-theine.
AGATY, *adj.* Aig am bheil gnè na h-agait.
AGAZE, *v. a.* Seall le ioghnadh, spleuc, clisg-bhuail.
AGAZED, *adj.* Fuidh gharbh-ghiorag, làn-ioghnaidh, air bhall-chrith eagail, geilt-ghlacta.
AGE, *s.* 1. A period of time: ùine. 2. a succession of men: linn, ginealach. 3. time in which a particular man lived: linn, àm, beatha. 4. the space of a hundred years, a secular period: ùine cheud bliadhna. 5. the latter part of life, old age: aois, sean-aois. 6. maturity, ripeness: aois. 7. in law: aois-lagha.
AGED, *adj.* 1. Old, striken in years: sean, aosmhor, aosda. 2. old, applied to inanimate things: sean.
AGEDLY, *adv.* See Aged.
AGEN, *adv.* See Again.
AGENCY, *s.* 1. The quality of acting: dèanamh, dèanadachd, gnìomhachadh. 2. office of an agent, or factor for another: dreuchd fir-gnothuich air son neach eile, gilleachas.
AGEND, } *s.* Seirbhis-eaglais, ni a bhuineas do
AGENDUM, } dhòigh seirbhis eaglais.
AGENT, *s.* 1. An actor, he that acts: fear-dèanaimh, fear a ni, gnìomhaiche. 2. a substitute, a factor: fear seasaimh àite, fear-gnothuich, fear-ionaid neach. 3. that which has the power of operating: ni a dh' oibricheas, gnìomhaiche.
AGENTSHIP, *s.* Dèanadas air son neach eile, gnìomh-tuarasdail, gnìomh fir-ionaid.
AGGELATION, *s.* Reothadh, tuighachadh deighe.
AGGENERATION, *s.* Co-fhàs ann an ni eile, co-aonadh.
AGGER, *s.* Balla-daingneachaidh, bèinge-dhiona, dìg.
AGGERATE, *v. a.* Cuir an àirde, càrn a suas, tog beinge.
AGGEROSE, *adj.* Cnocanach, tomanach.
AGGLOMERATE, *v. a.* 1. Gather up in a ball, as thread: cruinnich, cearslaich, dean cruinn. 2. gather together: trus r'a chéile, cruinnich.
AGGLOMERATION, *s.* Mèall cruinn, trusadh cruinn.
AGGLUTINANTS, *s.* Cungaidhean-leighis, no, tàthaidh cungaidhean-glaodhaidh.
AGGLUTINANT, *adj.* Glaodhach, tàthach, a dh'aonas r' a chéile.
AGGLUTINATE, *v. a.* Glaodhaich, tàthaich, druid r' a chéile.
AGGLUTINATION, *s.* Tàthadh, aonadh, druideadh.
AGGLUTINATIVE, *adj.* Maith gu aonadh, a ghlaodhas, a thàthas.
AGGRACE, *v. a.* Seall le deadh-ghean, bi fàbharach.
AGGRACE, *s.* Caoimhneas, gean maith.
AGGRANDIZATION, *s.* Meudachadh, àrdachadh.
AGGRANDIZE, *v. a.* 1. Make great: àrdaich, tog suas an inbhe, meudaich an urram. 2. increase: meudaich, cinn a suas, fàs mòr. 3. become greater, increase: cinn, fàs, thig air t' aghaidh.
AGGRANDISEMENT, *s.* Meudachadh, àrdachadh, mòrachadh.
AGGRANDISER, *s.* Fear-àrdachaidh, fear-togail suas.
AGGRATE, *v. a.* Toilich e, bi modhail rì.
AGGRAVATE, *v. a.* 1. Make heavy: an-tromaich, meudaich. 2. make any thing worse: antromaich, dean ni's miosa.
AGGRAVATION, *s.* The act of aggravating, or making heavy: an-tromachadh, meudachadh. 2. the act of enlarging to enormity: meudachadh. 3. extrinsical circumstances which increase the guilt of a crime: an-tromachadh, eallach coire, luchdachadh.
AGGREGATE, *adj.* Co-chruinnichte, co-thrusta.
AGGREGATE, *s.* An t-iomlan, am meall uile, co-chruinneachadh, càrn.
AGGREGATE, *v. a.* Cruinnich, cuir r' a chéile, trus, càrn, tòrr.
AGGREGATELY, *adv.* An aon bhuidheann, co-luath.
AGGREGATION, *s.* 1. Collection, or state of being collected: co-chruinneachadh, coimh-thional. 2. the whole, the aggregate: an t-iomlan, am meall uile.
AGGREGATIVE, *adj.* Tionalach, trusach, uile.
AGGREGATOR, *s.* Fear-cruinneachaidh, fear-trusaidh, fear-tionail.
AGGRESS, *v. n.* Tòisich an aimhreit, buail an toiseach, éirich air.

GGRESS, *s.* A' cheud-bhuille, coire-tòiseachaidh, a' A cheud chiont.

AGGRESSION, *s.* A' cheud bhuille, a' cheud teine a' cheud ionnsuidh, toiseach-connspoid.

AGGRESSOR, *s.* Fear-togail na strìthe, an ceud choireach.

AGGRIEVANCE, *s.* Eucoir, sàruchadh, dochan, ciùrradh.

AGGRIEVE, *v. a.* 1. Give sorrow, vex: doilghiosaich, muladaich, léir, cuir gu bròn. 2. impose some hardship upon, harass: dean eucoir, sàruich, dochain. 3. mourn, lament: dean bròn, dean caoidh.

AGHAST, *adj.* Geiltichte, geilt-ghlacta.

AGILE, *adj.* Lùthmhor, ealamh, clis, grad-charach fuasgailte.

AGILENESS, *s.* Lùthmhoireachd, cliseachd, fuasgailteachd.

AGILITY, *s.* Cliseachd, fuasgailteachd, luathas.

AGILLOCHUM, *s.* Craobh alois a tha fàs 's na Innsibh an ear.

AGIO, *s.* Luach an airgid chùinnte thar airgiod am bann phàipeir.

AGIRT, *v. a.* Cuir air bhiadhadh am frìth an righ, tog airgiod biadhaidh.

AGISTMENT, *s.* 1. Feeding of cattle in a common pasture for a stipulated price: biadhadh, ionaltradh. 2. tithe upon such cattle: deachamh spréidh ionaltraidh. 3. an embankment, earth heaped up: being thalmhainn, gàradh talmhainn.

AGISTOR, *s.* Oifigech am frìth an righ.

AGITABLE, *adj.* Gluasadach, neo-shuidhichte.

AGITATE, *v. a.* 1. Put in motion: gluais, caraich, luaisg. 2. be the cause of motion, move: bi 'g a ghluasad, thoir air carachadh, thoir crathadh air. 3. affect with perturbation: cuir fuidh bhuaireas, luaisg. 4. stir, discuss a question, controvert: fidrich, connsaich. 5. contrive, revolve: dùisg a suas, cnuasaich, dlùth-smuainich.

AGITATION, *s.* 1. The act of moving, or shaking any thing: carachadh, gluasad, luasgadh, dùsgadh. 2. the state of being moved, or agitated: luasganachd, iomairt, carachadh, gluasad. 3. discussion, controversial examination: fidreachadh, connsachadh. 4. violent motion of the mind: buaireas, iomcheist. 5. deliberation, contrivance, the state of being consulted upon: smuaineachadh.

AGITATOR, *s.* 1. He who regulates the affairs of the army: fear-riaghailteachaidh feachd. 2. he who manages affairs: fear-gnothuich, fear-gluasaid.

AGLET, *s.* 1. A tag of a point curved into the shape of little images, the tag of a lace to open women's stays: aigilean. 2. pendants at the ends of the chieves of flowers, as in tulips: aigileanan.

AGMINAL, *adj.* Buidheannail, cath-bhuidhneach.

AGNAIL, *s.* An galar iongach, at cheann nam meur.

AGNATE, *adj.* Càirdeach, dìleas, dligheach.

AGNATIC, *adj.* Càirdeach a thaobh athar.

AGNATION, *s.* 1. Descent from the same father, in a direct male line: sinnsireachd nam mac, le mic o 'n aon athair, sìol nam mac o 'n aon athair. 2. alliance, connexion: càirdeas, cleamhnas.

AGNITION, *s.* Aideachadh, aidmheil.

AGNISE, *v. a.* Aidich, cuir an céill.

AGNOMINATE, *v. a.* Ainmich.

AGNOMINATION, *s.* Co-shamhlachd fhocal am fuaimibh.

AGNUS, *s.* In the Romish church: ìomhaigh bheag an cruth uain a' tà ciallachadh ar Slànuighir.

AGNUS-CASTUS, *s.* Craobh na geamnuidheachd.

AGO, *adv.* Seachad, roimhe so, uaithe, o chian.

AGOG, *adv.* Air bhraise, gu h-aimi deach, gu h-anamiannach, gu h-iollagach, air bheag smuaineachaidh.

AGOING, *adj.* A' falbh, air ghluasad.

AGON, *s.* Strìth-gill, spàirn air son duais.

AGONE, *adv.* Seachad, air falbh.

AGONISM, *s.* Spàirn air son duais, strìth-gill.

AGONIST, *s.* Fear-spàirn air son gill.

AGONISTES, *s.* Fear-gheall-strìtheach, cuiridh nan geall.

AGONISTIC, *adj.* See Agonistical.

AGONISTICAL, *adj.* A bhuineas do chath gheall, geall-chathach.

AGONISTICALLY, *adv.* Gu geall-chathach.

AGONISE, *v. n.* Bi air do dhòghruinneachadh, bi 'n àmhghar, fulaing geur chràdh.

AGONISINGLY, *adv.* Gu dòghruinneach, gu ro chràiteach.

AGONOTHETE, *s.* Breitheamh air deuchainn neirt.

AGONOTHETIC, *adj.* A bheir duais air son dheuchainn neirt.

AGONY, *s.* 1. The pangs of death: uspagan a' bhàis, piantan bàis, eangaich-bàis, piantan a' bhais. 2. any violent pain of body, or mind: teinn-chràdh dòghruinn, àmhghar. 3. our Redeemer's conflict in the garden: spàirn chruaidh anama ar Slànuighir 's an lios. 4. violent contest, or striving: cruaidh-ghleac, spàirn.

AGOOD, *adv.* Da rìreadh.

AGOUTY, *s.* Ainmhidh beag soilleir-ruadh, mu mheudachd coinein, a tha anns na h-innsibh an iar, aig nach 'eil ach dà fhiacail 's gach gial.

AGRACE, *v. a.* See Aggrace.

AGRAMMATIST, *s.* Fear neo-fhòghluimte.

AGRARIAN, *adj.* A bhuineas do'n fhearann, fearannail.

AGREASE, *v. a.* See Agrise.

AGREE, *v. n.* 1. Be in concord: bi réidh ri, còrd. 2. grant, yield: aontaich, géill. 3. settle amicably: suidhich, réitich. 4. settle terms, by stipulation: co-aontaich, bi réidh. 5. settle a price between buyer and seller: dean còrdadh. 6. be of the same mind, or opinion: co-aontaich, co-chòrd. 7. concur, co-operate: co-aontaich, co-oibrich. 8. settle some point among many: suidhich. 9. be consistent, do not contradict: còrd ri. 10. suit with: co-fhreagair. 11. cause no disturbance in the body: còrd ri, taitnich, freagair ri. 12. Put an end to variance: réitich, sìthich, ciùinich. 13. make friends, reconcile: réitich, dean 'n an càirdean.

AGREEABILITY, *s.* Foisinneachd, réidh-bheartachd.

AGREEABLE, *adj.* 1. Suitable to, consistent with:

freagarrach taitneach. 2. Pleasing: taitneach freagarrach.

AGREEABLENESS, *s.* 1. Consistency with: freagarrachd, taitneachd, co-aontachd. 2. the quality of pleasing: taitneachd, freagarrachd, aontachd. 3. resemblance, likeness: co-fhreagarrachd, samhlachd.

AGREEABLY, *adv.* See Agreeable.

AGREED, *adj.* Còirdte, suidhichte.

AGREEINGLY, *adv.* Do ṙéir sin.

AGREEMENT, *s.* 1. Concord: réite, còrdadh. 2. resemblance of one thing to another: comh-fhreagarrachd, còrdadh, samhladh. 3. compact, bargain: còrdadh, coimh-cheangal, bann.

AGRESTIC, } *adj.* A bhuineas do'n dùthaich, neo-
AGRESTICAL, } shnasmhor, neo-fhìnealta.

AGRICOLATION, *s.* Treabhadh, àiteachadh na tìre.

AGRICULTOR, *s.* Treabhaiche, tuathanach.

AGRICULTURAL, *adj.* Tuathanachail, a bhuineas do threabhadh.

AGRICULTURE, *s.* Treabhadh, àr, tuathanachas, fearas-tighe, àiteachd, àiteach.

AGRICULTURIST, *s.* Tuathanach, treabhaiche, fear-àitich.

AGRIMONY, *s.* Geurag-bhileach, muir-dhroighionn.

AGRISE, *v. a.* et *n.* 1. Terrify: cuir eagal air, oillitich, cuir grìs air. 2. disfigure, make frightful: cuir mi-dhealbh air. 3. look frightful: seall eagallach.

AGROUND, *adv.* 1. Stranded: an sàs, air grunnd, air tràigh, air cladach. 2. *fig.* hindered in the progress of affairs: an sàs, air stad, an greim, 's a' ghrunnd.

AGUE, *s.* Fiabhrus, am fiabhrus critheach, a' chrith.

AGUE, *v. a.* Buail leis an fhiabhrus chritheach.

AGUED, *adj.* Crith-bhuailte, critheach, fionar, fuar.

AGUERRY, *v. a.* Cleachd cruadal saighdeir, ionnsaich cogadh.

AGUE-TREE, *s.* A' chraobh chritheach, an critheach.

AGUISE, *s.* Earradh breagha, rìomhadh.

AGUISH, *adj.* Cosmhuil ris a' chrìth, critheach.

AGUISHNESS, *s.* Crith-fhuarachd, gnè samhuil an fhiabhruis chritheich.

AH! *interj.* 1. Noting sometimes dislike and censure: ah! aha! 2. sometimes contempt and exultation: aha! 3. compassion and complaint: ah, mo thruaighe! ah! òbh! òbh!

AHA, *interj.* Aha! aha!

AHEAD, *adv.* 1. Farther onward than another: air thoiseach, ni 's faide air aghairt. 2. headlong, precipitantly: an coinneamh a chinn, a cheann air thoiseach, gu bras.

AHOLD, *adv.* Geur ris a' ghaoth, air fuaradh.

AHOY, *interj.* ho! hòi!

AHUNGRY, *adj.* Ocrach, as eugmhais bìdh

AJAR, *adv.* Leth-fhosgailte.

AID, *s.* 1. Help, support: cuideachadh, còmhnadh, cobhair, taic, leasachadh. 2. the person who supports: fear-cuideachaidh, fear-cobhair, fear-cumail suas.

AID, *v. a.* Cuidich, cum suas, cobhair.

AIDANCE, *s.* Cuideachadh, cobhair, còmhnadh.

AIDANT, *adj.* A' toirt cuideachaidh, feumail an éigin, freasdalach an cabhag.

AID-DE-CAMP, *s.* Àrd-theachdair ceannaird-feachd, fear-cuideachaidh àird-cheannaird.

AIDER, *s.* Fear-cuideachaidh, caraid, fear-taice.

AIDLESS, *adv.* Gun chòmhnadh, gun chuideachadh, gun chobhair.

AIGRE, *s.* Bras-shruth-lionaidh na mara.

AIRET, *s.* A' chorra-ghlas.

AIL, *v. a.* et *n.* 1. Pain, trouble, give pain: cràdh-ghoirtich, cuir fuidh thrioblaid, fàg gu tinn. 2. affect in any manner: buin ṙi, bean ṙi, cuir air. 3. feel pain, be incommoded: fairich pian, bi air do chumail. 4. used at no time but with an indefinite word, or the word *nothing*, as, What ails him? ciod a tha tighinn ṙis? He ails something: tha nieigin a' tighinn ṙis. He ails nothing: cha'n'eil ni a' tighinn ṙis.

AIL, *s.* Tinneas, eu-slaint, galar.

AILMENT, *s.* Dòghruinn, tinneas, euslaint, galar.

AILING, *adj.* Tinn, euslainteach, galarach, eucaileach.

AIM, *v. a.* et *n.* 1. Endeavour to strike with a missive weapon: cuimsich, feuch ṙ' a bhualadh, thoir ionnsuidh. 2. point the view: beachdaich, cuir do shùil ṙi, feuch ṙi ruigheachd. 3. guess: tomhais, amais. 4. direct the missile weapon: cuimsich, cuir ṙi d' shùil.

AIM, *s.* 1. The direction of a missile weapon: cuimse, cuimseachd, ionnsuidh. 2. the point to which the thing thrown is directed: comharradh. 3. a purpose, a scheme: rùn, dùrachd, deuchainn, oidheirp. 4. the object of a design: cuspair, crìoch. 5. conjecture, guess: tuairmse, barail.

AIMLESS, *adj.* Neo-chuimseach, seacharanach.

AIR, *s.* 1. The element encompassing the world: àileadh, adhar, athar. 2. the state of the air: cor an àilidh, cor an adhair. 3. air in gentle motion: gaoth ṫag, deòthan. 4. scent, vapour: fàile, tòchd. 5. blast, pestilential vapour: séideadh fiadhaich, gaoth mharbhtach. 6. any thing light: ni eutrom mar àileadh. 7. open weather: iarmailt ṫom, adhar gorm, àileadh sgaoilte. 8. vent, utterance: blas an àilidh 9. publication, exposure: gaoth, sgaoileadh. 10. intelligence, information: fàthan-naigheachd, àileadh. 11. music: fonn, téis. 12. poetry, song: fonn-bhàrdachd, téis-sheinn. 13. the mien of a person: sealladh, coslas. 14. an affected manner: sealladh, car, pròis. 15. appearance: coslas. 16. artificial motions of a managed horse: car, gluasad.

AIR, *v. a.* 1. Expose to the air: cuir ṙis an àileadh, thoir a' ghaoth do. 2. gratify by enjoying the open air: gabh an t-àileadh. 3. air liquors: thoir àileadh an teine do. 4. breed in nests: àraich an nead, àraich 's an àileadh.

AIR-BORNE, *adj.* Eutrom, air a ghiùlan ṫeis an àileadh.

AIR-BUILT, *adj.* Faoin, amaideach, gun bhunnadh.

AIR-DRAWN, *adj.* Tarruingte 's an adhar, sgleòshuileach.

AIRER, *s.* Fear-leigidh ṙis an àilidh, àileadair.

AIR-HOLE, *s.* Toll-gaoithe.

AIRINESS, *s.* 1. Openness, exposure to the air: fosgailteachd, gaotharrachd. 2. lightness, gaiety, levity: eutromachd, uallachas, faoineachd.

AIRING, *s.* Ceum 's an àileadh, sràid 's a' ghlan àileadh, gabhail na gaoithe.

AIRLESS, *adj.* Dùinte, druidte, gun àileadh, fèitheach, neo-ghaothar.

AIRLING, *s.* Creutair òg leumnach, eutrom, no iollagach.

AIR-GUN, *s.* Gunna-gaoithe, gunn'-adhair.

AIR-POISE, *s.* Meidh-àilidh, meidh-adhair.

AIR-PUMP, *s.* Taoman-àilidh, pìob-thaosgaidh an àilidh.

AIR-SHAFT, *s.* Ruith-àilidh, caol-rathad an àilidh fo 'n talamh.

AIR-STIRRING, *adj.* Àil'-luasgach, gaothach.

AIRY, *adj.* 1. Composed of air: adharail, adharach. 2. relating to the air: adharail. 3. high in the air: adharach, àrd 's an adhar. 4. open to the free air: fosgailte, gaothar. 5. light as air: eutrom, faoin. 6. wanting: fàs, gaothar. 7. fluttering, loose: air chrathadh, a' snàmh 's an adhar, sgaoilteach. 8. gay, sprightly: iollagach, fonnmhor, eutrom, sunndach.

AISLE, *s.* Sgiath-eaglais, cùl-tigh-aoraidh.

AIT, *s.* Eilean beag an abhainn.

AKE, *v. n.* 1. Feel lasting pains, generally of the internal parts: mothaich guin, goirteas, no, cràdh 's an taobh stigh. 2. applied to the heart: bi goirt, dean a chridhe goirt, cràdh an cridhe.

AKIN, *adj.* 1. Related to, allied by blood: càirdeach, dàimheil, dìleas. 2. allied to by nature, partaking of the same properties: co-shamhuil an gnè, co-shamhuil, coltach.

AL, *adj.* Òirdheirc, gasda.

ALABASTER, *s.* Clach-éiteig.

ALACK, *interj.* Mo thruaighe! mo chreach, mo léireadh.

ALACK-A-DAY, *interj.* Mo chreach an diugh! mo dhunaidh! mo dhunaidh!

ALACRIOUSLY, *adj.* Gu sunndach, gu cridheil, gu h-uallach, gu brisg.

ALACRIOUSNESS, *s.* Beothalachd, sunndachd, briosgachd, uallachd.

ALACRITY, *s.* Sunndachd, briosgachd, uallachd beothalachd, smioralachd.

ALAMODE, *adv.* Anns an fhasan, gu fasanta, gu deas.

ALAND, *adj.* Air tìr, air talamh tioram.

ALARM, *s.* 1. A cry, summoning to arms: caismeachd, gaoir-chatha, éighe-còmhraig. 2. a cry or notice of danger approaching: rabhadh, faireachadh. 3. any tumult or disturbance: buaireas, clisgeadh, fuathas.

ALARM, *v. a.* 1. Call to arms: thoir caismeachd do, thoir rabhadh do. 2. disturb as with the approach of an enemy: cuir maoim fuidh, thoir faireachadh do, dùisg suas. 3. surprise with the apprehension of any danger: cuir geillt air, cuir ogluidheachd air. 4. disturb, in general: cuir fuidh bhuaireas, buair, cuir fuidh iomairt.

ALARMING, *adj.* Eagallach, cunnartach, buaireasach.

ALARMINGLY, *adv.* See Alarming.

ALARMIST, *s.* Fear-caismeachd.

ALARM-POST, *s.* Crànn-tàraidh, crois-tàraidh.

ALARUM, *s.* See Alarm, *s.*

ALAS, *interj.* Och! mo chreach! mo thruaighe! mo dhuillichean! mo léireadh!

ALAS THE DAY, *interj.* Och mo thruaighe! mise 'n diugh! ah, an latha dubh!

ALB, *s.* Léine bhàn an t-sagairt.

ALBE, ALBEIT, *adj.* Gidheadh, air a shon sin.

ALBIFICATION, *s.* Gealachadh.

ALBUGINEOUS, *adj.* Geal, coltach ri gealagan uibhe.

ALBUM, *s.* Leabhar-cuimhneachain chàirdean, ann am bheil an làmh sgrìobhaidh air a gleidheadh.

ALCHYMIST, *s.* Fear do 'n aithne brìgh mheiteilean atharrachadh, fear-leaghaidh mheitealan.

ALCHYMIZE, *v. a.* Mùth gnè mheitealan.

ALCHYMY, *s.* 1. Eòlas domhain air gnè mheitealan leis am bheil neach comasach air an atharrachadh. 2. seòrsa meiteil de 'n dèanar spàinean.

ALCOHOL, *s.* 1. Ni sam bith a tha air a phronnadh gu fùdar ro-mhìn. 2. fìon-bhrìgh, spiorad dheoch làidir iom-tharruingte.

ALCOHOLIZE, *v. a.* Dean ni 'n a fhùdar ro mhìn, no, iom-tharruing spiorad-fìona, no fìon-bhrìgh.

ALCORAN, *s.* Bìobal nam Mahomedanach.

ALCOVE, *s.* 1. Ionad leabaidh àird an seòmar rìomhach. 2. ionad suidhe àillidh an gàradh.

ALDER, *s.* Drumanach, feàrna.

ALDERMAN, *s.* Aon de sheanairean baile-mòir, no de 'luchd-riaghlaidh.

ALDERN, *adj.* Air a dhèanamh de 'n fheàrna.

ALE, *s.* Leann.

ALE-BENCH, *s.* Àite-suidhe fuidh chomhair tigh-leanna.

ALE-BERRY, *s.* Brochan leanna.

ALE-BREWER, *s.* Grùdair, fear-dèanaimh leanna.

ALEGAR, *s.* Leann geur, leann goirt.

ALE-HOUSE, *s.* Tigh-leanna, tigh-pòiteireachd, tigh beag-òsda.

ALE-HOUSE-KEEPER, *s.* Fear-tigh-leanna, òsd-fhear.

ALEMBIC, *s.* Poit-thogalach.

ANOINT, *v. a.* 1. Rub over with unctuous matter: ung, cuir ola air, suath le ola. 2. smear: suath le ola, smiar le ola, còmhdaich thairris le ola. 3. consecrate: coisrig le ola.

ANOINTER, *s.* Fear-ungaidh, fear-coisrigidh.

ANOINTING, *s.* Ungadh, coisrigeadh le ola.

ANOINTMENT, *s.* Ungadh le ola.

ANOMALISM, *s.* Mi-riaghailt, eas-òrdugh, ni neo-chleachdta, ni air leth.

ANOMALOUS, *adj.* No-choitchionn, air leth, mi-nàdurach.

ANOMALOUSLY, *adv.* See Anomalous.

ANOMALOUSNESS, *s.* Neo-choitchionnachd.

ANOMALY, *s.* Eas-òrdugh, ni neo-choitchionn, ni air leth.

ANOMY, *s.* Lagh-bhriseadh.

ANON, *adv.* 1. Quickly: gu grad, an ceart uair. 2. now and then: an trà-sa 's a ris, air uairibh.

ANONYMOUS, *adj.* Neo-ainmnichte, gun ainm.

ANONYMOUSLY, *adv.* See Anonymous.

ANOREXY, *s.* Dìth caile, fuath bìdh.

ANOTHER, *adj.* 1. Not the same: eile. 2. one more: tuilleadh, eile. 3. any other: eile. 4. not one's self: neach eile. 5. widely different, much altered: ni eile buileach.

ANSATED, *adj.* Cluasach, làmhach.

ANSLAIGHT, Tabaid, iorghuill, tuasaid, slachdadh.

ANSWER, *v. a.* et *n.* 1. Speak in opposition: freagair, thoir freagairt. 2. be accountable for: freagair air son, thoir freagairt air son, thoir cunntas á, bi freagarrach air son. 3. vindicate: freagair, freagair air son. 4. give an account: freagair, thoir freagradh seachad, freagair mu. 5. correspond, suit with: freagair do. 6. act reciprocally: co-fhreagair, bi co-fhreagarrach. 7. stand opposite: freagair ri. 8. succeed, produce the wished event: freagair, thoir gu crìoch, dean feum, dean tairbhe, dean an gnothuch. 9. speak in return to a question: freagair, thoir freagradh. 10. be equivalent to: freagair, freagair an àite. 11. satisfy any claim of right: thoir freagradh, freagair. 12. bear proportion to: freagair do, co-fhreagair do. 13. perform what is intended by the agent: freagair air son, freagair a' chrioch 's an amharc. 14. comply with: géill do, freagair. 15. appear to any call: freagair am pearsa, thig 's an làthair. 16. be over

against any thing: freagair an aghaidh, co-fhreagair.

ANSWER, *s.* 1. What is said in return to a question: freagradh, freagairt. 2. account to be given to the demand of justice: freagradh, cunntas. 3. a confutation of a charge: àicheadh, freagradh. 4. retaliation: freagradh air ais, ath-dhìoladh.

ANSWERABLE, *adj.* That to which a reply may be made: a dh' fhaodar a fhreagairt, so-fhreagairt. 2. obliged to give an account: freagarrach, cunntach. 3. correspondent: co-fhreagarrach, ionann. 4. proportionate, suitable: freagarrach, ionann. 5. suitable, suited: freagarrach, iomchuidh. 6. 6. equal, equivalent: co-fhreagarrach co-ionann. 7. relative: co-fhreagarrach, a ṙéir.

ANSWERABLY, *adv.* See Answerable.

ANSWERABLENESS, *s.* Freagarrachd, co-fhreagarrachd.

ANSWERER, *s.* 1. He that answers, he that speaks in return: fear-freagairt. 2. he that writes a reply: fear-freagairt, fear-sgrìobhaidh fhreagairt.

ANT, *s.* Seangan.

ANT-BEAR, *s.* Beathach a dh'itheas seanganan.

ANT-HILL, ANT-HILLOCK, *s.* Dùn-sheangan, tom-sheangan.

AN'T. Mu 's e do thoil.

ANTAGONIST, *s.* 1. One who contends with another, an opponent: nàmhaid 's an strì, eas-caraid an cath, fear-comhstrì, fear-coimh-streup, fear comh-fharpuis. 2. contrary: fear an aghaidh fir eile. 3. (in anatomy) the muscle which counteracts some-others: feith-bhacaidh.

ANTAGONISTIC, *adj.* Comh-fharpuiseach, comh-streupach, còmh-stritheach.

ANTAGONIZE, *v. n.* Cuir 'n a aghaidh, dean strì ṙi.

ANTAGONY, *s.* Aimhreit, strì, cath.

ANTALGIC, *adj.* Furtachail, a' toirt faothachaidh.

ANTAPOPLECTIC, *adj.* Maith an aghaidh a spad-thinneis.

ANTARCTIC, *adj.* A bhuineas do cheann deas a' chruinne.

ANTARTHRITIC, *adj.* Maith an aghaidh galar nan alt.

ANTASTHMATIC, *adj.* Maith an aghaidh an luathas-analach.

ANTE, (focal Laidinn) Roimhe.

ANTEACT, *s.* Ṙoimh-ghnìomh, gnìomh a ṙinneadh ṙoimhe.

ANTE-AMBULATION, *s.* Tùs-imeachd.

ANTECEDANEOUS, *adj.* A théid air thoiseach, a dh' fhalbhas ṙoimhe.

ANTECEDE, *v. n.* Roimh-imich, theirig air thoiseach.

ANTECEDENCE, *s.* Tùs-imeachd, tòiseachadh.

ANTECEDENCY, *s.* Roimh-imeachd.

ANTECEDENT, *adj.* Roimh, air thoiseach air.

ANTECEDENT, *s.* 1. That which goes before: an roimh-ṙuith-fhear. 2. the noun to which the relative is subjoined: an roimh-fhocal. 3. the first proposition of an argument: an ceud cheann de 'n argumaid.

ANTECEDENTLY, *adv.* Roimh-làimh, air tùs.

ANTECESSOR, *s.* 1. One who goes before, or leads another: fear-iùil, fear-treòrachaidh. 2. a pre-possessor, one that possessed the land before the present possessor: fear ṙoimh-sheilbh, roimh-shealbhadair.

ANTECHAMBER, *s.* Seòmar-taoibh, seòmar-toisich, roimh-sheomar.

ANTECURSOR, *s.* An roimh-ṙuith-fhear.

ANTEDATE, *v. a.* 1. Date earlier than the real time: sgrìobh ùine air ais, cuir ùine a thréig ṙi sgrìobhadh. 2. take something before the proper time: roimh-ghabh, roimh-bhlais.

ANTEDATE, *s.* Roimh-bheachd, roim-bhlas, roimh-ghabhail.

ANTEDILUVIAN, *adj.* 1. Existing before the flood: ṙoimh 'n tuil, ṙoimh 'n dìle. 2. relating to things existing before the flood: sean-saoghalach, a bhuineas do 'n t-saoghal ṙoimh 'n dìle.

ANTELOPE, *s.* Gabhar fhiadhaich air am bheil adharcan cuairteagach.

ANTELUCAN, *adj.* Moch-thrathach, ṙoimh éirigh na gréine.

ANTEMERIDIAN, *adj.* Ṙoimh 'n mheadhon latha.

ANTEMUNDANE, *adj.* Ṙoimh thoiseach an t-saoghail.

ANTENUMBER, *s.* An t-àireamh ṙoimhe.

ANTEPAST, *s.* Ṙoimh-bhlas.

ANTEPONE, *v. a.* Cuir ṙoimhe, roghnuich ṙoimhe.

ANTERIOR, *adj.* Dol ṙoimhe, gabhail toisich.

ANTERIORITY, *s.* Tùs-ionaid, tùs-aimsir.

ANTEPASCAL, *adj.* A bhuineas do 'n àm ṙoimh 'n chàisg.

ANTEROOM, *s.* Ṙoimh-sheòmar, seòmar trid an téid neach do 'n mhòr-sheòmar.

ANTE-TEMPLE, *s.* A' chùirt a muigh.

ANTES, *s.* Ṙoimh-phuist, carraghan mòra, a chumas an àirde aghaidh togalach.

ANTESTOMACH, *s.* Ṙoimh-ghoile, pìob na goile.

ANTEVERT, *v. a.* Cum air ais, pill air falbh.

ANTHEM, *s.* Laoidh, òran naomh a ghabhar mu seach.

ANTHEM-WISE, *adv.* Mu seach, air mhodh òrain naoimh.

ANTHEMIS, *s.* A' bhuidheag shearbh.

ANTHOLOGY, *s.* 1. A collection of flowers: badag ṫusan cùbhraidh. 2. a collection of devotions in the Greek church: leabhar ùrnuighean 's an eaglais Ghreugach. 3. a collection of poems: leabhar-òran.

ANTHONY'S-FIRE, *s.* Teine-dé, seòrsa de'n ròs ṙuaidhe.

ANTHRAX, *s.* Builgean loisgeach, no, tachasach.

ANTHROPOLOGY, *s.* Corp-eòlas, eòlas cuirp-shnas-aireachd.

ANTHROPOPHAGI, *s.* Luchd-itheadh dhaoine.

ANTHROPOPHAGINIAN, *s.* Fear-itheadh dhaoine.

ANTHROPOPHAGY, *s.* Ithinneach feòla dhaoine, daoin-itheadh.

ANTHYPNOTIC, *adj.* Neo-chadalach, caithriseach.

ANTI, (Focal Greugais), ag ciallachadh, An aghaidh.

ANTIACID, *s.* Ùrachd, neo-ghoirteachd.

ANTIACID, *adj.* Ùr, neo-ghoirt, neo-shalannach.

ANTI-CHAMBER, *s.* See Ante-chamber.

ANTICHRIST, *s.* Ana-Criosd.
ANTICHRISTIAN, *adj.* Ana-criosdail.
ANTICHRISTIAN, *s.* Ana-criosd, fear a tha 'n a nàmhaid do 'n chreidimh chriosduidh.
ANTICHRISTIANISM, *s.* Ana-criosdachd.
ANTICHRISTIANITY, *s.* Ana-criosdachd.
ANTI-CHRONISM, *s.* See Anacronism.
ANTICIPATE, *v. a.* 1. Take something sooner than another: roimh-ghlac, roimh-ghabh, gabh roimh làimh. 2. take up before the time at which any thing may be regularly had: tog roimh làimh, glac roimh 'n àm. 3. foretaste: roimh-bhlais. 4. prevent any thing by crowding in before it: thig 'n a àite, bac.
ANTICIPATION, *s.* 1. The act of taking up something before its time: glacadh tràthail, roimh-ghlacadh. 2. foretaste: roimh-bhlas. 3. opinion planted before the reasons of that opinion can be known: roimh-bharail.
ANTICIPATOR, *s.* Fear-teachd roimh-làimh.
ANTICIPATORY, *adj.* A' glacadh ni roimh-làimh, a' teachd air thoiseach.
ANTICK, *adj.* Neònach, iongantach, tuaisteach, fiadhchleasach, ann-dealbhach.
ANTICK, *s.* 1. He that plays anticks: cleasaichechar, amadan duine mhòir. 2. the anticks, or tricks themselves: cleasachdan, cuir neònach, abhcaidean. 3. odd appearance: aoidh neònach, dreach iongantach.
ANTICK, *v. a.* Dean neònach, cuir dreach neònach air, ann-dealbhaich.
ANTICKLY, *adv.* Gu h-aoidh-neònach, gu cleas-charach, gu mi-dhealbhach.
ANTICOR, *s.* Neasgaid uchdaich, iongrachadh mu choinneamh cridhe neach.
ANTICOSMETIC, *adj.* Mais-sgriosail, nàimhdeil do dh' àilleachd.
ANTICREATOR, *s.* Fear-cronachaidh fir-deilbh.
ANTIDOTAL, *adj.* Leigheasach, ana-puinnseanach, ùr-chosgach.
ANTIDOTARY, *adj.* Ana-puinnseanach, ùr-chosgach.
ANTIDOTE, *v. a.* Dean tèaruinte, dìon o phuinnsean.
ANTIDOTE, *s.* Ùrchosg, ioc-shlaint-bhacaidh.
ANTIENT. See Ancient.
ANTIPIESCOPAL, *adj.* Neo-chàirdeil ris an aidmheil easpuigeach.
ANTIFEBRILE, *adj.* Maith an aghaidh fiabhruis.
ANTIFLATTERING, *adj.* Neo-mhiodalach.
ANTILOQUIST, *s.* Fear-àichidh, fear-labhairt an aghaidh neach.
ANTILOQUY, *s.* Roimh-aithris.
ANTIMAGISTRICAL, *adj.* An aghaidh uachdarain.
ANTIMASQUE, *s.* Còmhdach-cleithe.
ANTIMONARCHIC, *adj.* See Antimonarchical.
ANTIMONARCHICAL, *adj.* Neo-aon-fhlaitheach, an aghaidh uachdranachd le h-aon.
ANTIMONARCHIST, *s.* Fear-fuath uachdranachd righ.
ANTIMONIAL, *adj.* Leth-mhèinneil, a bhuineas do 'n leth-mhèinn.
ANTIMONY, *s.* Leth-mhèinn, mèinn eadar a bhi 'n a talamh agus 'n a pronnusc clachach.
ANTIMORALIST, Nàmhaid deadh bheus.
ANTINOMIAN, *s.* Fear-àicheidh-lagha Dhé, fear-àicheidh naomhachd.
ANTINOMIAN, *adj.* A bhuineas do luchd-cur air cùl an lagha, no, do luchd-àicheidh naomhachd.
ANTINOMIST, *s.* Fear gun spéis do 'n lagh.
ANTINOMY, *s.* Eas-còrdadh dà lagha, eos-aonachd dà riaghàilt.
ANTIPAPAL, *adj.* A' fuathachadh pàpanachd, a' cur an aghaidh a' chreidimh phàpanaich.
ANTIPAPISTICAL, *adj.* See Antipapal.
ANTIPARALLEL, *adj.* Neo-dhìreach ris, a' cromadh uaithe, a' ruith uaithe.
ANTIPATHETICAL, *adj.* Fuathach, gràin-chàileach.
ANTIPATHETIC, *adj.* Nàimhdeil, gràin-chàileach, an aghaidh a chéile.
ANTIPATHOUS, *adj.* Nàimhdeil, fuathach.
ANTIPATHY, *s.* Fuath, gràin, sgreamh.
ANTIPESTILENTIAL, *adj.* Maith an aghaidh na plàighe.
ANTIPHON, *s.* 1. The chant or alternate singing in the choirs of cathedrals: seinn mu seach, luchd-seinn nan salm an eaglais. 2. an echo or response: co-fhreagradh, ath-fhuaim.
ANTIPHONY, *s.* See Antiphon.
ANTIPODES, *s.* 1. Those people who, living on the other side of the globe, have their feet directly opposite ours: luchd-àiteachaidh taobh eile na talmhainn, dìreach fuidh bhonn ar cas, luchd-bonn ri bonn. 2. opposition: ni calg dhìreach an aghaidh ni eile, fìor-nàmhaid.
ANTIPOISON, *s.* Sgrios-puinnsein, ùr-chosg.
ANTIPORT, *s.* Dorus a muigh, geata muigh.
ANTIPRELATICAL, *adj.* Neo-easpuigeach, an aghaidh aidmheil easpuigeich.
ANTIPRIEST, *s.* Nàmhaid do shagairt.
ANTIPROPHET, *s.* Nàmhaid fhàidhean.
ANTIPTOSIS, *s.* Cùis an aghaidh cùise, cùis as a h-òr dugh, car air ascaoin.
ANTIQUARIAN, *adj.* Arsaidh, arsantach, sean aimsireil.
ANTIQUARIAN, *s.* See Antiquary.
ANTIQUARY, *s.* Arsadair, arsaidhear, sean seanachaidh.
ANTIQUARY, *adj.* Arsanta, arsantach, sean-aimsireil.
ANTIQUATE, *v. a.* Cuir á cleachdadh, dean sean.
ANTIQUATEDNESS, *s.* Seanachd, aosdachd.
ANTIQUATENESS, *s.* Seanachd, aosdachd.
ANTIQUATION, *s.* Seanachd, aosdachd.
ANTIQUE, *adj.* 1. Ancient, old, not modern: sean, aosda. 2. of genuine antiquity: sean, fìor-shean. 3. of old fashion: sean-ghnàthach, sean-fhasanta. 4. odd, wild, antique: neònach, iongantach, mi-dhealbhach.
ANTIQUE, *s.* Sean ni, ni a bhuineas do dh'aimsir chéin, sean rud tearc.
ANTIQUENESS, *s.* Seanachd, sean-choltas, neo-fhasantachd.
ANTIQUITY, *s.* 1. Old times: arsaidheachd, sean-aimsir, aimsir chéin. 2. the people of old time: linntean céin. 3. the works or remains of old times: sean nithe. 4. old age: seanachd, sean aois. 5. ancientness: seanachd.

ANTISCORBUTICAL, *adj.* Claimh-leighiseach, maith an aghaidh na claimhe.
ANTISCORBUTICS, *s.* Cungaidhean-leigheis na claimhe.
ANTISCRIPTURIST, *s.* Mi-chreidmheach.
ANTISEPTIC, *s.* Lobhar-leigheas, cungaidh-leighis a' ghalair lobhraich.
ANTISPASMODIC, *adj.* Iodh-leigiseach.
ANTISPASMODICS, *s.* Cungaidhean-leighis na h-iodha.
ANTISPASTIC, *adj.* A philleas, no, ghluaiseas na leanntan.
ANTISPLENETIC, *adj.* Maith air leigheas tinneas an dubh-chléibh.
ANTISTES, *s.* An t-àrd shagart.
ANTITHESIS, *s.* Cur mu choinneamh a chéile.
ANTITHETICAL, *adj.* Suidhichte 'n aghaidh a chéile.
ANTITRINITARIAN, *s.* Fear-àicheidh tri phearsan na Trìonaid, fear-cur an aghaidh teagasg na Trìonaid.
ANTITYPE, *s.* Neach a bha air a chiallachadh leis an t-samhladh.
ANTLER, *s.* Meur cabair-féidh.
ANTLERED, *adj.* Meur-chabrach.
ANTRE, *s.* Uamh, gàradh, slochd, talamh-toll.
ANVIL, *s.* 1. The iron block on which the smith lays his metal to be forged: innean. 2. any thing on which blows are laid: innean, socair-bhualaidh. 3. *fig.* (on the anvil) in a state of preparation: air an innean, deas gu 'bhualadh.
ANXIETY, *s.* 1. Trouble of mind about some future event: iomagain, ro-chùram, trioblaid, dearmail. 2. lowness of spirits: trom-inntinn, smuairean.
ANXIOUS, *adj.* 1. Disturbed about uncertain events: iomaganach, mi-fhoisneach, cùramach, dearmalach. 2. careful, full of inquietude: cùramach, iomaganach, mi-fhoisneach. 3. careful, as of a thing of great importance: cùramach.
ANXIOUSLY, *adv.* See Anxious.
ANXIOUSNESS, *s.* Dearmaileachd, iomaganachd.
ANY, *adj.* 1. Any, whoever he be: aon, aon air bith, air bith, co air bith. 2. whosoever: co 's am bith. 3. in opposition to none: neach.
ANYWHITHER, *adv.* Àite 's am bith, taobh 's am bith.
ANYWISE, *adv.* Air dhòigh sam bith.
APACE, *adv.* 1. Quick, speedily: gu grad, gu luath. 2. with haste, applied to some action: gu h-ealamh, gu cabhagach. 3. with speed, progression from one state to another: gu grad, gu dian.
APART, *adv.* 1. Separately from the rest in place: air leth, gu taobh. 2. set aside for any use: leis féin, a leth taobh. 3. distinctly: air leth. 4. retired from the other company: gu taobh, air leth.
APARTMENT, *s.* Seòmar, àit air leth de 'n tigh.
APATHETIC, *adj.* Cruaidh-chridheach, neo-mhothachail.
APATHIST, *s.* Duine gun fhaireachduinn.
APATHISTICAL, *adj.* Coma, neo-mhothachail.
APATHY, *s.* Cion-mothachaidh.
APE, *s.* 1. A kind of monkey: apa. 2. an imitator, used generally in a bad sense: apa, apag. 3. a fool, because fools formerly used to carry apes on their shoulders: apa, apan.
APE, *v. a.* Dean atharrais air, dean fochaid air.
APEAK, *adv.* Ullamh gu sàthadh, gu biorach.
APEPSY, *s.* Call-cnàmhaidh, cion-cnàmhaidh.
APER, *s.* Fear-atharrais.
APERIENT, *adj.* Maith gu fosgladh, sgarach, a bheir fuasgladh air com.
APERITIVE, *adj.* Fuasgailteach, sgarach.
APERT, *adj.* 1. Open, without disguise: fosgailte, soilleir. 2. open: fosgailte.
APERTION, *s.* 1. An opening through any thing, a gap: fosgladh, beàrna, bealach. 2. the act of opening: fosgladh, sgoltadh.
APERTLY, *adv.* See Apert.
APERTNESS, *s.* Fosgailteachd.
APERTURE, *s.* 1. The act of opening: fosgladh, sgoltadh. 2. an open place: dorus, bealach, beàrna, fosgladh. 3. a hole: toll.
APETALOUS, *adj.* Lòm, gun duilleach, neo-dhuilleagach.
APETALOUSNESS, *s.* Lomnochduidh.
APEX, *s.* Binnean, bàrr, mullach, bidean.
APHONY, *s.* Cion-cainnte, call-bruidhne.
APHORISM, *s.* Fìrinn-shuidhichte, riaghailt-choitchionn, sean-fhocal.
APHORISMER, *s.* Fear-sgrìobhaidh shean-fhocal, fear-labhairt shean-fhocal.
APHORIST, *s.* Fear-sgrìobhaidh shean-fhocal.
APHORISTICAL, *adj.* Sean-fhocalach, a bhuineas do dh'fhìrinn ghoirid, choitchionn.
APHORISTICALLY, *adv.* See Aphoristical.
APIARY, *s.* Ionad tigh-bhùth nan seillean.
APICES, *s.* Bidean-mullaich nan caol-fhàs am meadhòn blàth-luis.
APIECE, *adv.* Gach neach air leth, cuid gach neach, a roinn féin.
APIECES, *adv.* 'Ǹ a bhloighdibh, as a chéile, 'ǹ a mhìrean.
APISH, *adj.* 1. Having the qualities of an ape, imitative: ag atharrais mar an apa. 2. foppish, affected: sgaogach, pròiseil, faoin-bheachdail. 3. silly, trifling: faoin, gòrach. 4. wanton, playful: guanach, cleasanach.
APISHLY, *adv.* See Apish.
APISHNESS, *s.* Cleachdadh na h-apa, leanmhuinneachd, atharrais, faoineachd, guaineas, cleasachd.
A-PIT-PAT, *adv.* Le plosgadh chridhe, gu plosganta.
APOCALYPSE, *s.* Leabhar an fhoillseachaidh, taisbeanadh.
APOCALYPTIC, *s.* Fàidh, fear-foillseachaidh.
APOCRYPHA, *s.* Leabhraichean nach 'eil fios co a sgrìobh iad, leabhraichean gun ùghdarras 's an eaglais.
APOCRYPHAL, *adj.* 1. Not canonical: neo-chinnteach, gu'n deachdadh an Spioraid Naoimh, mach as an Sgriobtuir. 2. contained in the apocrypha: sgrìobhta 's na leabhraichibh gun ùghdarras 's an eaglais. 3. an account of uncertain credit: neo-chinnteach, as eugmhais ainme. 4. a person of uncertain credit: fear tuaileasach.
APOCRYPHAL, *s.* Sgrìobhadh, nach 'eil air a dheachdadh leis an Spiorad Naomh.
APOCRYPHALLY, *adv.* Gu neo-chinnteach, ni h-ann gu'n teagamh.

Apocryphalness, *s.* Neo-chinnteachd.
Apocryphical, *adj.* Neo-chinnteach, an teagamh.
Apodictic, *adj.* A ghabhas dearbhadh, so-dhearbhta, so-shoilleir.
Apodictical, *adj.* Dearbh-chinnteach, neo-theagamhach, dearbhta.
Apodosis, *s.* Co-chur samhlaidh.
Apologetic, Apologetical, *adj.* Leisgeulach.
Apologetically, *adv.* See Apologetical.
Apologist, *s.* Fear-gabhail leisgeil neach.
Apologize, *v. a.* et *n.* Thoir leisgeul, gabh leisgeul, dion le leisgeul.
Apologizer, *s.* Fear-gabhail leisgeil neach, fear dian le leisgeul.
Apologue, *s.* Sgeulachd, sgeul, ùr-sgeul, seanachas gu fìrinn chùramach a chur an céill, cosmhuileachd, modh-sgéil.
Apologuer, *s.* Fear-innsidh sheanachas gu fìrinn chùramach a thoirt air aghaidh, fear-aithris chosmhuileachdan, fear-modh-sgéil.
Apology, *s.* Tagradh, leisgeul.
Apophthegm, *s.* Geur-fhocal, glic-bhriathar, gnàthfhocal.
Apoplectic, Apoplectical, *adj.* Spad-thinneasach.
Apoplectic, *s.* Neach air a bhualadh leis an spad-thinneas.
Apoplex, *s.* See Apoplexy.
Apoplexed, *adj.* Buailte leis an spad-thinneas.
Apoplexy, *s.* An spad-thinneas, am balbh-thinneas.
Apostasy, *s.* Cùl-sleamhnachadh, tuiteam air falbh, tréigsinn-aidmheil.
Apostate, *s.* Fear-cùl-sleamhnachaidh, fear-tréigsinn aidmheil,
Apostate, *adj.* Mealltach, neo-dhìleas, ceannairceach.
Apostate, *v. a.* Tréig t' aidmheil, claon air falbh, o d' chreidimh.
Apostatical, *adj.* See Apostate.
Apostatize, *v. n.* Tréig t' aidmheil, claon o d' chreidimh.
Apostemate, *v. n.* Iongraich, at le iongrachadh.
Apostem, Apostume, *s.* Iongrachadh, neasgaid, màm.
Apostle, *s.* Teachdair, abstol.
Apostleship, *s.* Abstolachd.
Apostolate, *s.* Abstolachd, teachdaireachd.
Apostolical, *adj.* Abstolach, air a theagasg leis na h-abstolaibh, a bhuineas do na h-abstolaibh.
Apostolically, *adv.* A réir gnàth nan abstol.
Apostolicalness, *s.* Abstolachd.
Apostolic, *adj.* See Apostolical.
Apostrophe, *s.* 1. A turning of the speech from one person to another many times abruptly: tionndadh cainnte o bhi labhairt mu mhuinntir gu bhi labhairt ri neach no ni. 2. the contraction of a word by the use of a comma: comharradh beag dubh an àite litreach.
Apostrophize, *v. a.* Tionndaidh do labhairt o aon phearsa gu pearsa, no, ni eile.
Apostume, *s.* See Aposteme, *s.*
Apostume, *v. n.* See Apostemate, *v. n.*
Apotheca, *s.* Bùth fir-reicidh chungaidhean-leighis.
Apothecary, *s.* Fear-reicidh chungaidhean leighis.
Apothegm, *s.* See Apophthegm.
Apothegmatical, *adj.* Glic-bhriathrach, geur-fhocalach.
Apothegmatist, *s.* Fear-cruinneachaidh gheur-fhocal.
Apotheosis, *s.* Diadhachadh, dia-dhèanamh.
Apothesis, *s.* Ionad-coimhid nan nithe naomha a bhuineas do dh'eaglais.
Apozem, *s.* Sùgh, sùgh nithe bruichte.
Apozemical, *adj.* Coltach ri sùgh nithe bruichte.
Appair, *v. a.* Mill, dean ni 's miosa; lughdaich.
Appal, *v. a.* et *n.* 1. Fright, strike with sudden fear, discourage: clisg, cuir fuidh eagal, cuir geilt air, mi-mhisnich. 2. grow faint, be dismayed: fannaich, fàs lag le h-eagal, bi fuidh amhluadh.
Appalement, *s.* Clisgeadh, mi-mhisneach, eagal.
Appanage, Fearann-tàinistearachd, cuibhrionn nan òg mhac.
Apparatus, *s.* Uidheam, acfuinn, innealan.
Apparel, *s.* 1. Dress, vesture: earradh, trusgan aodach. 2. external habiliments: trusgan, còmhdach, faluinn.
Apparel, *v. a.* 1. Dress, clothe: sgeudaich, eudaich, cuir ort t' aodach, éid. 2. adorn with dress: sgeudaich, rìomhaich, cuir ort t' earradh breagha. 3. cover with dress: sgeudaich, còmhdaich. 4. fit out: uidheamaich.
Apparence, *s.* Sealladh, coltas, teachd an làthair.
Apparency, *s.* See Apparence
Apparent, *adj.* 1. Plain, indubitable: soilleir, cinnteach, so-fhaicsinneach. 2. seeming, not real: coltach, cosmhuil, a réir coslais. 3. visible, not secret: follaiseach, soilleir. 4. open, known, not merely suspected: so-shoilleir, dearbhta cinnteach. 5. certain, not presumptive: cinnteach, dearbhta.
Apparently, *adv.* See Apparent.
Apparentness, *s.* Soilleireachd, cinnteachd, coltas.
Apparition, *s.* 1. Appearance, visibility: sealladh, samhladh. 2. a form, a visible object: coltas, faileas, dreach. 3. a spectre, a walking spirit: tannas, taibhse, bòcan, spiorad. 4. astronomically, the visibility of some luminary, opposed to occultation: taisbeanadh, foillseachadh.
Apparitor, *s.* 1. Such a person as is at hand to execute the orders of a magistrate: am fear a 's deise, fear fagus air làimh. 2. the lowest officer of the ecclesiastical court: maor-eaglais.
Appay, *v. a.* Toilich, dean taingeil.
Appeach, *v. a.* 1. Accuse, inform against any person: dìt, dean casaid air. 2. censure, reproach: thoir achmhasan do, cronaich, càin, coirich.
Appeacher, *s.* Fear-casaid, fear-dìtidh, fear-cronachaidh.
Appeachment, *s.* Dìteadh, cuis-dhìtidh, casaid, achmhasan, coire.
Appeal, *v. a.* et *n.* 1. Transfer a cause from one to another: tog do chùis gu neach eile, tog an tagradh gu cùirt eile. 2 refer to another as judge:

leig gu ràdh. 3. call another as witness: cuir fianuis air, gairm mar fhianuis.

APPEAL, *s.* 1. A provocation from an inferior to a superior court: togail cùise o aon chùirt gu cùirt eile 's àirde, tagradh an aghaidh breitheanais. 2. an accusation: cùis-dhìtidh, coire. 3. a summons to answer a charge: gairm gu cùirt. 4. a call upon any one as a witness: leigeadh gu fianuis, cur fianuis.

APPEALABLE, *adj.* A dh' fhaodar a thogail gu cùirt ni 's àirde.

APPEALANT, *s.* Fear-togail a chùise gu cùirt ni 's àirde, fear-tagraidh an aghaidh breitheanais.

APPEALER, *s.* See Appealant, and also for its old sense, see Appeacher.

APPEAR, *v. n.* 1. Be in sight: thig am fradharc, thig 's an làthair. 2. become visible as a spirit: nochd thu féin, foillsich thu féin, taisbein. 3. stand in the presence of a superior: seas a suas, seas an làthair. 4. be the object of observation: seall thu féin. 5. exhibit one's self before a court of justice: thig do 'n chùirt, thig 's an làthair. 6. make clear by evidence: dean soilleir, dearbh le fianuis. 7. seem, in opposition to reality: seall thu féin. 8. make plain beyond dispute: dean dearbhta, dean so-shoilleir.

APPEARANCE, *s.* 1. The act of coming into sight: teachd an làthair, sealladh. 2. the thing seen: sealladh, coslas, cruth. 3. phenomena: seallaidhean, dreachan. 4. semblance: coslas. 5. outside show: sealladh. 6. entry into a place: dol 's an làthair, taisbeanadh. 7. apparition: cruth, coslas, dreach. 8. exhibition of a person to a court: teachd 's an làthair, nochdadh. 9. open circumstance of a case: coltas folluiseach. 10. presence, mien: coltas, sealladh, tuar.

APPEARER, *s.* Fear-teachd 's an làthair.

APPEARING, *s.* Teachd 's an làthair, taisbeanadh.

APPEASABLE, *adj.* So-shìtheachaidh, a ghabhas a thoirt gu réite.

APPEASEABLENESS, *s.* Furasdachd a dheanamh réidh.

APPEASE, *v. a.* 1. Quiet, put in a state of peace: réitich, sìthich, ciùinich. 2. reconcile, still wrath: réitich, dean réidh, sìthich. 3. still, quiet: ciùinich, sìthich, dean mìn.

APPEASEMENT, *s.* Sìothchaint, réite, còrdadh.

APPEASER, *s.* Fear-dhèanamh na sìthe, fear-réite.

APPEASIVE, *adj.* Sìothchail, ciùin, a thraoghas fearg.

APPELLANCY, *s.* Togail cùise gu cùirt a 's àirde, comas a chùis a thagradh an cùirt ni 's àirde.

APPELLANT, *s.* 1. A challenger: fear-dùlanachaidh, fear-iarraidh connspoid. 2. one that appeals from a lower to a higher court: fear-togail cùise gu cùirt ni 's àirde, fear-tagraidh an aghaidh breitheanais.

APPELLANT, *adj.* A bhuineas do chùis-thogail.

APPELLATE, *adj.* 1. The person appealed against: tagarrach. 2. created on appeal: cùis-thogalach.

APPELLATION, *s.* 1. Name: ainm. 2. appeal, *s.* which see.

APPELLATIVE, *s.* Co-ainm, tiodal.

APPELLATIVE, *adj.* Tiodalach, coitchionn.

APPELLATIVELY, *adv.* Air dòigh ainme àbhaiseich.

APPELLATORY, *adj.* Tagarrach, anns am bheil aobhar air son bhi togail cùise gu cùirt ni 's àirde.

APPELLEE, *s.* Fear an aghaidh am bheil a' chùis air a togail, fear dìon an tagraidh.

APPEND, *v. a.* 1. Hang any thing upon another: croch air, croch ri. 2. add something: cuir 'n a dhéigh, cuir ri.

APPENDANCE, *s.* Ni ceangailte ri ni eile.

APPENDAGE, *s.* Ni air a chur ri ni eile.

APPENDANT, *adj.* 1. Hanging to something else: an crochadh ri. 2. annexed: ceangailte ri. 3. (in law) any thing belonging to another: dol maille ri.

APPENDICATE, *v. a.* Cuir ri, croch ri, ceangail ri.

APPENDICATION, *s.* Crochadh ris, ceangal ris, leasachadh, meudachadh.

APPENDIX, *s.* 1. Something appended to another thing: am mìr an crochadh, am mìr slaoid, fathsgrìobhadh 2. an adjunct or concomitant: ni co-cheangailte ri ni eile.

APPERCEIVE, *v. n.* Tuig, thoir fainear, faic.

APPERCEIVING, *s.* Tabhairt fainear, faicsinn, tuigsinn breithneachadh.

APPERCEPTION, *s.* Féin-bhreithneachadh.

APPERIL, *s.* Cunnart, gàbhadh.

APPERTAIN, *v. n.* 1. Belong to, as of right: buin do, buin do thaobh còrach. 2. by nature or appointment: buin do thaobh nàduir.

APPERTAINMENT, *s.* Ni a bhuineas do dh' inbhe 's am bith, dlighe.

APPERTINENT, *adj.* A bhuineas do, dligheach.

APPETENCE, APPETENCY, *s.* 1. Carnal desire: ana-mhiann, togradh feòlmhor. 2. simply desire: iarrtas, togradh, déigh.

APPETENT, *adj.* Ro-dhéigheil.

APPETIBLE, *adj.* Ion-mhiannaichte.

APPETIBILITY, *s.* Ion-mhiannachd.

APPETITE, *s.* 1. The natural desire of good: miann, déigh, togradh, toil. 2. the desire of sensual pleasure: anamhiann, togradh feòlmhor. 3. violent longing: fadal, mòr-mhiann, fìor-chion. 4. the thing eagerly desired: miann. 5. keenness of stomach: ocras, pathadh, ìotadh.

APPETITE, *v. a.* Iarr, biodh toil agad do.

APPETITION, *s.* Déigh, togradh, toil.

APPETITIVE, *adj.* Miannach, deothasach, togarrach.

APPLAUD, *v. a.* 1. Praise by clapping the hands: àrd-mhol, ard-chliùthaich, dean luathghair. 2. praise in general: mol, cliùthaich, cuir suas.

APPLAUDER, *s.* Moladair, fear-molaidh, fear-cliùthachaidh.

APPLAUSE, *s.* Àrd-mholadh, moladh, cliù.

APPLAUSIVE, *adj.* Moltach, cliùiteach.

APPLE, *s.* 1. The fruit of the apple tree: ubhal, meas na craoibh-ubhail. 2. the pupil of the eye: ubhal na sùla.

APPLE-TART, *s.* Pithean ubhal.

APPLE-TREE, *s.* Craobh-ubhail.

APPLE-YARD, *s.* Gàradh ubhal.

APPLIABLE, *adj.* See Applicable.

APPLIANCE, *s.* Co-chur.

APPLICABILITY, *s.* Buintinn, iomchuidheachd.

APPLICABLE, *adj.* So-fhreagarrach, iomchuidh.

APPLICABLY, *adv.* See Applicable.
APPLICANT, *s.* Fear-iarraidh ni 's am bith.
APPLICATE, *v. a.* Co-chuir, cuir ris.
APPLICATION, *s.* 1. The act of applying one thing to another: co-chur, càradh ris, dlùthachadh, leagail air. 2. the thing applied: an ni a chaidh chur air, am plàsd. 3. the act of soliciting any person: iarraidh. 4. the employment of means for a certain end: co-chur, cleachdadh. 5. intenseness of thought, close study: dian-smuaineachadh, dìchioll. 6. attention to some particular affairs: aire. 7. reference to some case or position, as, the story was told and the heavens made the application: co-chur, gabhail ris gu maith, (no) gu dona.
APPLICATIVE, *adj.* A cho-chuireas, a chuireas an an gnìomh, dìchiollach, freagarrach.
APPLICATORY, *adj.* A dh'fhaodar a chur ri, so-fhreagarrach.
APPLICATORY, *s.* Cò-chur air ni freagarrach.
APPLIEDLY, *adv.* Air dòigh co-chuir.
APPLIER, *s.* Fear-co-chuir, fear-feuchainn freagarrachd ni ri ni eile.
APPLIMENT, *s.* See Application.
APPLY, *v. a.* et *n.* 1. Put one thing to another: co-chuir, cuir ri. 2. lay medicaments upon a wound: cuir ri, càirich air, leag plàsd air. 3. make use of as relative to something: cleachd ri. 4. put to a certain use: cuir air leth, cuir air son, builich. 5. use as means to an end: cleachd, cleachd mar mheadhon. 6. study: dian-smuainich, leag d' inntinn air, cleachd dìchioll. 7. solicit for help: iarr, asluich. 8. address to: labhair ri, seall do. 9. ply: oibrich e, feuch ri. 10. suit, agree: bi freagarrach, còrd ri. 11. have recourse to, as a petitioner: iarr air, asluich uaith. 12. attach, by way of influence: bi feuchainn.
APPOINT, *v. a.* et *n.* 1. Fix any thing, settle the exact time for some transaction: suidhich, ainmich, òrduich. 2. settle any thing by compact: ainmich, suidhich. 3. establish any thing by decree: sònruich, daingnich, suidhich. 4. equip: deasaich, uidheamaich. 5. decree: òrduich, rùnaich.
APPOINTER, *s.* Fear-suidheachaidh, fear-òrduchaidh.
APPOINTMENT, *s.* 1. Stipulation: suidheachadh, socrachadh, còrdadh, ainmeachadh, òrduchadh. 2. decree, establishment: sònruchadh, daingneachadh. 3. direction, order: seòladh, òrduchadh. 4. equipment: deasachadh, uidheamachadh. 5. an allowance paid to any man: roinn, cuibhrionn. 6. (in law): suidheachadh air chumhachan.
APPORTION, *v. a.* Dean roinn chothromach, roinn gu ceart.
APPORTIONATENESS, *s.* Cothromachd roinnean, cofhreagarrachd earrannan.
APPORTIONMENT, *s.* Roinn, comh-roinn, roinn-chothromach.
APPORTIONER, *s.* Fear-tarruing chrìoch, fear-roinn.
APPOSE, *v. a.* 1. Put questions to: ceasnuich gu mion, rannsuich. 2. apply to: cuir ri, feuch ri.
APPOSER, *s.* Fear-ceasnachaidh, fear-rannsachaidh.
APPOSITE, *adj.* Freagarrach, iomchuidh, cothromach.
APPOSITELY, *adv.* See Apposite.
APPOSITENESS, *s.* Freagarrachd, iomchuidheachd, cothromachd.
APPOSITION, *s.* 1. The addition of new matter so that it may touch the first mass: cur ri, co-aonadh, tuilleadh ri tuilleadh. 2. The putting of two nouns in the same case: co-chòrdadh.
APPOSITIVE, *adj.* Freagarrach do, còrdadh ri.
APPRAISE, *v. a.* Meas, cuir luach air.
APPRAISER, *s.* Fear-meas, fear-innsidh luach ni, breitheamh.
APPRAISEMENT, *s.* Meas, luach ainmichte, pris.
APPRECATION, *s.* Ùrnuigh dhùrachdach, iarrtas-cridhe, guidhe air son maith.
APPRICATORY, *adj.* A' guidhe air son maith, ag asluchadh bheannachdan.
APPRECIATE, *v. a.* Meas, cuir meas air, tuig a luach.
APPRECIATION, *s.* Meas, pris, luach.
APPREHEND, *v. a.* 1. Lay hold on: glac, beir air, dean greim air. 2. seize for trial, or punishment: glac, beir air, cuir làmh air. 3. conceive by the mind: tuig, measraich. 4. think on with terror: gabh eagal o. 5. notice: thoir fainear.
APPREHENDER, *s.* 1. Conceiver, thinker: fear-measrachaidh. 2. the person who seizes another: fear-glacaidh, glacadair, fear-deanaimh greime.
APPREHENSIBLE, *adj.* A dh'fhaodar a mheasrachadh, so-thuigsinn.
APPREHENSION, *s.* 1. The contemplation of things in general: smuaineachadh, measrachadh. 2. opinion, sentiment: smuain, barail. 3. the faculty by which we conceive new ideas: tuigse, reuson, comas-fiosrachaidh. 4. fear: eagal, faiteachas. 5. suspicion of something to happen: amharus. 6. seizure: glacadh. 7. the power of seizing, or holding: greimeachadh.
APPREHENSIVE, *adj.* 1. Quick to understand: geur-thuigseach, ealamh gu togail. 2. fearful: eagalach, amharusach. 3. perceptive, feeling: mothachail.
APPREHENSIVELY, *adv.* See Apprehensive.
APPREHENSIVENESS, *s.* Tuigseachd, ealamhachd, eagalachd, amharusachd.
APPRENTICE, *s.* Foghlumaiche, fear-ionnsachaidh céirde.
APPRENTICE, *v. a.* Ceangail ri céird, cuir fuidh bhann fir-foghluim.
APPRENTICEHOOD, } *s.* Ùine-ceangail fir foghluim,
APPRENTICESHIP, } ùine-ceangail fir-ionnsachaidh céirde.
APPRENTISAGE, *s.* Ùine ceangail fir-foghluim.
APPRISE, *v. a.* Thoir fios, innis, thoir brath, cuir an céill.
APPRIZE, *s.* Fios, brath, rabhadh.
APPROACH, *v. a.* et *n.* 1. Draw near locally: thig am fagus, teann air, thig dlùth. 2. draw near as time: dlùthaich, tarruing am fagus. 3. make progress towards, figuratively: thig dlùth. 4. come near by natural affinity: thig dlùth do, bi cosmhuil ri, bi an dàimh do. 5. draw near personally, contract marriage with: thig dlùth do, an dàimh ceangail-

pòsaidh. 6. bring near to: thoir dlùth do, thoir am fagus do. 7. come near to: thig teann air, thig dlùth do.

APPROACH, *s.* 1. The act of drawing near; dlùthachadh, teachd am fagus, teannadh. 2. access: slighe, rathad. 3. hostile advance: teachd an aghaidh, teachd air aghart, tabhairt ionnsuidh. 4. means of advancing: meadhon ionnsuidh.

APPROACHABLE, *adj.* So-ruigsinn.

APPROACHER, *s.* Fear-teachd am fagus, fear-teannaidh dlùth.

APPROACHMENT, *s.* Teannadh dlùth, teachd am fagus, dlùthachadh.

APPROBATE, *adj.* Dearbhta.

APPROBATION, *s.* 1. The act of approving: dearbhadh, moladh, ciatfadh. 2. the liking of any thing: tlachd, taitneas. 3. attestation, support: dearbhadh.

APPROBATIVE, *adj.* Moltach, a' toirt dearbhaidh.

APPROBATORY, *adj.* Moltach, a' toirt dearbhaidh.

APPROMPT, *v. a.* Beothaich, dùisg a suas, cuir air aghairt.

APROOF, *s.* Taitneachd, moladh.

APPROPERATE, *v. a.* Greas, luathaich, cuir air aghairt.

APPROPINQUATE, *v. n.* Thig dlùth, thig am fagus, thig am fochair.

APPROPINQUATION, *s.* Dlùthachadh, teannadh am fagus, teachd teann air làimh.

APPROPINQUE, *v. n.* See Appropinquate.

APPROPRIABLE, *adj.* A dh' fhaodar a sheilbheachadh.

APPROPRIATE, *v. a.* 1. Consign to some particular use, or person: cuir air leth air son: thoir seachad mar a chuid. 2. claim, take to himself by an exclusive right: gabh do d' ionnsuidh féin mar do chòir, gabh dhuit féin mar do chuid. 3. make peculiar to something, annex by combination: cuir ri gu h-àraidh, thoir seachad mar a chuid àraidh.

APPROPRIATE, *adj.* A bhuineas gu sònruichte do neach, no, do ni àraidh, sònruichte.

APPROPRIATE, *s.* Ni àraidh, no, sònruichte.

APPROPRIATELY, *adv.* Gu sònruichte, gu freagarrach, gu h-àraidh.

APPROPRIATENESS, *s.* Freagarrachd.

APPROPRIATION, *s.* 1. The application of something to a particular purpose: cur gu feum àraidh, sònruchadh air son. 2. the claim of any thing as peculiar: còir àraidh. 3. fixing a particular signification to a word: seadh àraidh.

APPROVEABLE, *adj.* Cliù-thoilltinneach.

APPROVAL, *s.* See Approbation.

APPROVANCE, *s.* See Approbation.

APPROVE, *v. a.* et *n.* 1. Like, be pleased: bi toilichte, gabh tlachd. 2. express liking: mol, cliùthaich. 3. prove, shew, justify: dearbh, fìreanaich. 4. make worthy of approbation: dean fiùthail, dean airidh. 5. (in law), improve: dean ni 's feàrr.

APPROVEMENT, *s.* 1. Approbation, liking: dearbhadh, toil, moladh, taitneachd. 2. (in law), confession of a crime, and information of accomplices: fianuis-righ.

APPROVER, *s.* 1. He that approves: fear-molaidh. 2. he that makes trial: fear-dearbhaidh, fear-deuchainn. 3. (in law), king's evidence: fianuis-righ, fear toirt fianuis an aghaidh neach eile a bha ciontach maille ris 's an eucoir, a chum 's gu 'm faigh e féin maitheanas.

APPROXIMANT, *adj.* A' teachd dlùth, a' teannadh air.

APPROXIMATE, *adj.* Faisg, dlùth.

APPROXIMATE, *v. a.* et *n.* 1. Bring near: thoir am fagus, thoir dlùth. 2. come near: thig am fagus, dlùthaich.

APPROXIMATION, *s.* 1. Approach to any thing: dlùthachadh, teachd am fagus, faisgeachd. 2. (in science), a continual approach nearer still to the quantity sought: teachd ni 's teinne 's ni 's teinne, a sìor dhlùthachadh.

APPULSE, *s.* 1. The act of striking against a thing: bualadh. 2. arrival, landing, resting: bualadh cladaich, socrachadh air tìr.

APPURTENANCE, *s.* See Appertenance, *s.*

APPURTENANT, *adj.* Aig am bheil buintinn ri ni eile, tha ceangailte ri ni eile.

APRICATE, *v. n.* Grianaich thu féin.

APRICITY, *s.* Teas na grèine, deàrsadh na gréine.

APRIL, *s.* An Giblean.

APRON, *s.* Aparan, brat-aghaidh.

APRONED, *adj.* Apranaichte, aig caitheamh aparain.

APROPOS, *adv.* Dìreach 's an àm, ro fhreagarrach.

APT, *adj.* 1. Fit: ion-fhreagarrach, iomchuidh. 2. liable to: ullamh, buailteach. 3. inclined to: buailteach, deònach, togarrach. 4. ready: deas, ealamh. 5. qualified for: freagarrach, deas, uidheamaichte.

APT, *v. a.* 1. Suit, adapt: dean iomchuidh, dean freagarrach. 2. fit, qualify: deasaich, dean iomchuidh, uidheamaich.

APTABLE, *adj.* Freagarrach.

APTATE, *v. a.* Dean freagarrach, dean iomchuidh.

APTITUDE, *s.* 1. Fitness: freagarrachd, deasachd. 2. tendency: aomadh, buailteachd, claonadh. 3. disposition: aomadh inntinn.

APTLY, *adv.* See Apt.

APTNESS, *s.* 1. Fitness, suitableness: freagarrachd iomchuidheachd, deasachd. 2. disposition to any thing: buailteachd, aomadh inntinn. 3. quickness of apprehension: ealamhachd, deasachd. 4. tendency of things: freagarrachd, aomadh.

AQUA, *s.* Uisge.

AQUA-FORTIS, *s.* Uisge teinntidh, uisge a leaghas gach meiteal ach òr.

AQUA-MARINA, *s.* A chlach-mara, clach luachmhor air dhath na mara.

AQUATIC, } *adj.* 1. That which inhabits the wa-
AQUATICAL, } ter: a thig beò 's an uisge. 2. applied to plants which grow in the water: a dh' fhàsas 's an uisge. 3. a water-fowl: eun-uisge. 4. a water-plant: lus-uisge.

AQUATILE, *adj.* A ghabhas comhnuidh 's an uisge, a thig beò 's an uisge.

AQUEDUCT, *s.* Amar uisge.

AQUEOUS, *adj.* Uisgidh.

AQUEOUSNESS, *s.* Uisgeachd.
AQUILINE, *adj.* Coltach ri fìr-eun. (aqualine nose) sròn chrom.
AQUILON, *s.* A' ghaoth-tuath.
AQUOSE, *adj.* Uisgidh, aig am bheil nadur uisge.
AQUOSITY, *s.* Uisgeachd.
ARAB, *s.* Arabianach, fear a' mhuinntir Arabia.
ARABIAN, *adj.* A bhuineas do dh' Aràbia.
ARABIAN, *s.* Aràbiannach, fear a' mhuinntir Aràbia.
ARABICAL, *adj.* Aràbianach.
ARABLE, *adj.* So-threabhaidh, treabhachail, so-àiteachaidh.
ARATION, *s.* Treabhadh, àiteach, àr.
ARATORY, *adj.* Treabhach.
ARBITER, *s.* 1. A judge appointed by the parties: fear réiteachaidh cùise. 2. one who has the power of decision, a judge: breitheamh.
ARBITER, *v. a.* Thoir breith-réiteachaidh.
ARBITRABLE, *adj.* 1. Arbitrary, depending upon the will: a réir toile. 2. determinable: suidhichte le toil.
ARBITRAMENT, *s.* Féin-toil, dearbh-rùn, roghuinn.
ARBITRARILY, *adv.* See Arbitrary.
ARBITRARINESS, *s.* 1. Despoticalness: aintighearnas. 2. choice: toil, féin-toil.
ARBITRARIOUS, *adj.* 1. Depending upon the will: féin-thoileach, ceannasach. 2. despotic: aintighearnail, borb-smachdail.
ARBITRARIOUSLY, *adv.* See Arbitrarious.
ARBITRARY, *adj.* 1. Despotic, absolute: aintighearnail borb-smachdail, féin-thoileach, ceannasach. 2. depending on no rule, capricious: féin-thoileach, neo-shuidhichte, neo-bhunaiteach, iomluath. 3. holden at will or pleasure: neo-shuidhichte, aig toil neach eile. 4. voluntary, or left to our choice: féin-thoileach, neo-bhacta.
ARBITRATE, *v. a.* 1. Decide, determine: thoir breith-réiteachaidh. 2. judge of: thoir breith air cùis.
ARBITRATE, *v. n.* Thoir breith, suidh am breith.
ARBITRATION, *s.* Breith-réite, breitheanas.
ARBITRATOR, *s.* 1. An extraordinary judge between party and party chosen by their mutual consent: fear-réiteachaidh, breitheamh, fear-còrdaidh. 2. a governor, a president: uachdaran, breitheamh. 3. he that has the power of prescribing to others with out limit or controul: àrd-uachdaran, ceannard, maighstir, fear a ni 'àilghios. 4. the determiner: fear-suidheachaidh.
ARBITRATRIX, *s.* Ban-bhreitheamh, ban-maighstir.
ARBITREMENT, *s.* 1. Decision, determination: rùn-suidhichte, breith. 2. compromise: cùmhnant-còrdaidh.
ARBITRESS, *s.* 1. (in the Latin sense), a witness: fianuis. 2. a female arbiter or judge: ban-bhreitheamh.
ARBORARY, *adj.* Craobhach.
ARBORATOR, *s.* Fear-suidheachaidh chraobh; gàradair.
ARBOREOUS, *adj.* See Arborary.
ARBORET, *s.* Craobhag, preas.
ARBORESCENT, *adj.* A craobh-fhàs, a' cinntinn mar chraoibh.
ARBORICAL, *adj.* Craobhach, a bhuineas do chraobhaibh.
ARBORIST, *s.* Fear eòlach mu chraobhan, craobh ollamh.
ARBOROUS, *s.* Craobhach, a bhuineas do chraoibh.
ARBOUR, *s.* Suidheagan fuidh dhubhar chraobh, sgàilean duilleagach, sgàil-bhothan.
ARBUSCLE, *s.* Preasan.
ARBUTE, *s.* Preas-shùbhag.
ARC, *s.* 1. A segment, a part of a circle: roinn do chuairt, bogha. 2. an arch: bogha, cuairt-chlach-aireachd.
ARCADE, *s.* 1. A continued arch: bogha fada, gnà-bhogha, sràid fuidh bhogha. 2. a small arch within a building: bogha beag.
ARCANE, *adj.* Dìomhair.
ARCANUM, *s.* (Focal Laidinn), dìomhaireachd, rùn-dìomhair.
ARCH, *s.* Roinn-cuairt, bogha.
ARCH, *v. a.* 1. Build arches: tog mar bhogha drochaide, crom, dean crom-thogail. 2. form into arches: tog mar bhogha drochaide, dean crom-thogail.
ARCH, *adj.* 1. Chief: prìomh, àrd, air thoiseach. 2. waggish, mirthful: cleasanta, àbhachdach, sunndach.
ARCHANGEL, *s.* 1. One of the highest order of angels: àrd-aingeal. 2. the name of a plant: an deanntag mharbh.
ARCHANGELIC, *adj.* Àrd-aingealach, a bhuineas do dh-àrd-aingeal.
ARCHAPOSTLE, *s.* Àrd-abstol.
ARCHARCHITECT, *s.* Àrd-fhear-togail.
ARCHBISHOP, *s.* Àrd-easbuig.
ARCHBISHOPRICK, *s.* Inbhe àrd-easbuig, uachdranachd àird-easbuig, àrd-easbuigeachd.
ARCHBUILDER, *s.* Ard-fhear togail, àrd-chlachair.
ARCHCONSPIRATOR, *s.* Àrd-fhear-àir-a-mach, àrd-fhear-ceannairc.
ARCHDIVINE, *s.* Ard-dhìadhair.
ARCH-ENEMY, *s.* Àrd-nàmhaid, an diabhol.
ARCH-FIEND, *s.* An t-àrd-dhroch-Spiorad, am prìomh dhroch-Spiorad.
ARCH-GOVERNOR, *s.* Àrd-fhear-riaghlaidh.
ARCH-HYPOCRITE, *s.* Fìor-chealgair.
ARCH-MAGICIAN, *s.* Àrd-dhruidh.
ARCH-PASTOR, *s.* Àrd-bhuachaill.
ARCHPRELATE, *s.* Àrd-easbuig, àrd-uachdaran 's an eaglais.
ARCHED, *adj.* Crom, air chumadh bogha.
ARCHER, *s.* Boghadair, fear-bogha, saighead-fhear.
ARCHERESS, *s,* Ban-bhoghadair.
ARCHERY, *s.* 1. The use of the bow: boghadair-eachd. 2. the act of shooting with the bow: cuspaireachd le bogha-saighde. 3. the art of an archer: boghadaireachd.
ARCHETYPE, *s.* Prìomh-shamhladh, cùis an t-samhlaidh.
ARCHETYPAL, *adj.* Prìomh-shamhlachail.
ARCHICAL, *adj.* Prìomh, àrd.

ARCHITECT, *s.* 1. A professor of the art of building: fear-teagaisg aitreabh a thogail, àrd-chlachair. 2. the contriver of a building, a builder: àrd-chlachair, fear-tarruing cumadh thighean. 3. the contriver, or former of any compound body: fear-deilbh, fear-cumaidh. 4. the contriver of any thing: fear-deilbh, fear suidheachaidh.

ARCHITECTURE, *s.* 1. The art, or science of building: àrd-chlachaireachd, eòlas togail-aitreabh. 2. the effect of the science of building: clachaireachd, togail-aitreabh.

ARCHIVES, *s.* Tasg-thigh shean sgrìobhaidhean, is chòraichean.

ARCHLY, *adv.* Gu h-àbhachdach, gu sunndach.

ARCHNESS, *s.* Géiread, tapachd.

ARCUATION, *s.* 1. The act of bending any thing: cromadh, lùbadh mar bhogha. 2. curvity: lùb, cromadh.

ARDENCY, *s.* 1. Ardour, eagerness: dian-thogradh teas-ghràdh. 2. heat: blàthas, teas.

ARDENT, *adj.* 1. Hot, burning, fiery: teth, loisgeach, teinnteach. 2. fierce, vehement: bras, garg, teinnteach, àrd-inntinneach. 3. passionate, affectionate: teas-ghradhach, dian-thogarrach, rodhéigheil, càirdeil.

ARDENTLY, *adv.* See Ardent.

ARDENTNESS, *s.* See Ardency.

ARDOUR, *s.* 1. Heat: blàthas, teas. 2. heat of affection: teas-gràdh, dùrachd mhaith. 3. the person ardent, or bright: fear deàrsach, fear boillsgeach.

ARDUITY, *s.* Àirde, cruaidh-chùis, doirbheachd.

ARDUOUS, *adj.* 1. Lofty, hard to climb: àrd, cas. 2. difficult: duilich, cruaidh deacair, neo-fhurasda.

ARDUOUSNESS, *s.* Àirde, duilichead, cruaidh-chas.

ARE, *v.* (3. *p. plur. pr.* tense) Tha iad.

AREA, *s.* 1. The surface contained between any lines, or boundaries: raon, ionad eadar dha ìlann, magh. 2. any open surface, as the floor of a room, &c.: ionaid fosgailte, urlar, àite réidh.

AREFACTION, *s.* Tiormachd, tiormachadh.

AREFY, *v. a.* Dean tioram, tiormaich.

ARENA, *s.* Ionad còmhraig.

ARENACEOUS, *adj.* Gainmheineach.

AREOPAGUS, *s.* Areopagus, àrd-chuirt na h-Aithne.

ARGENT, *adj.* Airgiodach, soilleir mar airgiod.

ARGENTRY, *s.* Soithichean airgid, uidheam bùird do dh' airgiod.

ARGIL, *s.* Criadh-gheal, criadh-chriadhadair.

ARGILLACEOUS, *adj.* Criadhach, mar chriadh-chriadhadair.

ARGILLOUS, *adj.* Criadhach, làn criadha.

ARGUE, *v. a.* et *n.* 1. Reason, offer reasons: reusonaich thoir reusain. 2. dispute: connsaich, dean deasboireachd, tagair an aghaidh. 3. prove any thing by argument: dearbh, còmhdaich le argumaid, dean a mach. 4. debate any question: dean deasboireachd, tagair an aghaidh. 5. prove as an argument: dearbh le argumaid, còmhdaich, dean a mach. 6. charge with, as a crime: dìt, thoir gu dìteadh. 7. prove by appearance: dearbh le coltas, thoir gnùis-bhreith.

ARGUER, *s.* Fear-reusanaichidh, deasboir, fear-tagraidh, fear-dìtidh.

ARGUING, *s.* Argumaid, reusanachadh, deasboireachd.

ARGUMENT, *s.* 1. A reason alleged for, or against any thing: reuson, argumaid. 2. the subject of any discourse or writing: argumaid, ceann-aobhair, cùis-thagraidh. 3. the contents of any work summed up by way of extract: brìgh-sgrìobhadh. 4. a controversy: argumaid, connsachadh, deasboireachd.

ARGUMENT, *v. n.* Reusonaich, leudaich le argumaid.

ARGUMENTAL, *adj.* Argumaideach, agarrach.

ARGUMENTATION, *s.* Reusonachadh, deasboireachd.

ARGUMENTATIVE, *adj.* 1. Consisting of argument: argumaideach, reusonta, deagh-thagarrach. 2. disputatious: connspoideach, deasboireach.

ARGUMENTATIVELY, *adv.* See Argumentative.

ARGUMENTIZE, *v. n.* Reusonaich, dean deasboireachd, connsaich, tagair an aghaidh.

ARGUTE, *adj.* 1. Subtle, witty, sharp: seòlta, carach, geur, beur. 2. shrill: caol-ghuthach, sgreadach.

ARGUTENESS, *s.* Géiread, carachd, beurachd.

ARID, *adj.* 1. Dry, parched up: tioram, tartmhor, loisgte. 2. dry, cold, pedantic: tioram, fuaranach, fada thall.

ARIDITY, *s.* 1. Dryness, siccity: tiormachd, tartmhorachd. 2. insensibility in devotion: cruas-cridhe, fuar-chràbhadh.

ARIGHT, *adv.* 1. Rightly, without mental error: gu ceart, gun mhearachd. 2. without crime: gun chron, gun lochd. 3. without failing of the end designed: gu ceart, gu h-iomchuidh, gu coimhlionta.

ARIOLATION, *s.* Fiosachd, feall-fhàisneachd.

ARISE, *v. n.* 1. Mount upward, as the sun: éirich, éirich suas, dìrich an àird. 2. get up as from sleep: éirich suas, bi air do chois, mosgail. 3. come into view, as from obscurity: éirich suas, thig am fradharc. 4. revive from death: éirich ath-bheothaich. 5. proceed, or have its original: éirich, theirig air d' adhart. 6. enter upon a new station: éirich, gabh seilbh. 7. commence hostility: cas ris, éirich an aghaidh.

ARITHMETIC, *s.* Cùnntas, eòlas àireamh, àireamhachd.

ARITHMETICAL, *adj.* Àireamhach, a bhuineas do dh-eòlas àireamh.

ARITMETICALLY, *adv.* See Arithmetical.

ARK, *s.* 1. A vessel to swim upon the water: àirc, long. 2. the repository of the covenant of God with the Jews: àirc, àirc a' choimh-cheangail.

ARM, *s.* 1. The limb which reaches from the hand to the shoulder: gàirdean. 2. the bough of a tree: meangan, meanglan, meur. 3. an inlet of water from the sea: loch, frith-mhuir. 4. power, might: gàirdean, cumhachd, neart.

ARM, *v. a.* 1. Furnish with armour of defence: armaich, cuir ort d' airm, rach 'n ad armachd. 2.

plate with any thing that may add strength: armaich, còmhdaich le armachd. 3. furnish, fit up: cuir fuidh armachd, sgeadaich le airm, theirig an culaidh chòmhraig. 4. provide against: deasaich air son còmhraig, uidheamaich le armachd, ullaich air son catha.

ARMADA, *s.* Loingeas-chogaidh, cabhlach-chogaidh, feachd-mara.

ARMAMENT, *s.* Feachd-mara, no tìre, feachd-cogaidh.

ARMATURE, *s.* 1. Armour, something to defend the body from hurt: armachd, comhdach-dìona. 2. offensive weapons: airm.

ARMENIAN-STONE, *s.* Clach ghorm Armhenia.

ARMENTAL, ARMENTINE, *adj.* Treudach, greigheach.

ARMENTOSE, *adj.* Treudach, greigheach.

ARMFUL, *s.* Làn na h-achlais, achlasan.

ARM-HOLE, *s.* Achlais, lag na h-achlais, asgal.

ARMIGEROUS, *adj.* Armaichte, armach.

ARMILLARY, *adj.* Usgaireach, fàinneach.

ARMINIAN, *s.* Arminianach, fear-leanmhuinn theagaisg Arminius, fear-àicheidh peacaidh-gin agus roimh-òrduchadh nan daoine taghta.

ARMIPOTENT, *adj.* Buadhach, treun-lamhach.

ARMISTICE, *s.* Sìth ghoirid, fosadh-còmhraig eineach.

ARMLESS, *adj.* 1. Without an arm: as eugmhais gàirdein, a dh'easbhuidh làimhe. 2. without weapons or arms: neo-armaichte, neo-armach.

ARMLET, *s.* 1. A little arm: meanbh-ghàirdean. 2. (of the sea): bàghan, bàghan-mara. 3. a piece of armour for the arm: dìon-arm gàirdein. 4. a bracelet for the arm: làmh-fhail.

ARMORER, *s.* See Armourer.

ARMORIAL, *adj.* 1. Belonging to the arms, or escutcheon of a family: suaicheantach. 2. armorial bearings: gearradh arm, no, suaicheantas. 3. belonging to armour: armach.

ARMORY, *s.* See Armoury.

ARMOUR, *s.* Armachd, airm-dhìon, airm-chogaidh.

ARMOUR-BEARER, *s.* Fear-iomchair arm, arm-ghille, gille mòr.

ARMOURER, *s.* 1. He that makes armour or weapons: gobhann-arm, fear-dhèanaimh arm, arm-cheard. 2. he that dresses another in armour: fear-éididh arm, armaiche.

ARMOURY, *s.* 1. The place in which arms are kept: tigh-arm, arm-lann, tigh-tasgaidh nan arm. 2. armour: armachd. 3. ensigns armorial: suaicheantas.

ARM-PIT, *s.* Lag na h-achlais, achlais.

ARMS, *s.* 1. Weapons of defence, or offence: armachd, airm-dhìona, airm-chogaidh, beart-chogaidh. 2. a state of hostility: cogadh, fuidh arm. Our enemies are in arms: tha ar nàimhdean fuidh 'n armaibh. 3. war, in quarrel: cogadh. 4. action, taking arms: armachadh. 5. ensigns armorial of a family: suaicheantas, gearradh-arm.

ARMY, *s.* 1. A collection of armed men: armailt, feachd, sluagh-cogaidh, buidheann-chatha. 2. a great number: armailt, neart. 3. an army of words: neart bhriathar.

AROINT, *adv.* See Aroynt.

AROMATIC, AROMATICAL, *adj.* Deadh-bholtrach, cùbhraidh.

AROMATICS, *s.* Spìsrean, nithe deadh-bholtrach.

AROMATIZE, *v. a.* 1. Scent with spices: spìsrich, coimeasg le spìsribh. 2. scent, perfume: dean cùbhraidh, dean deadh-bholtrach.

AROSE, *v.* See Arise.

AROUND, *adv.* 1. In a circle: gu cuairteil, an cuairt. 2. on every side: mu 'n cuairt, air gach taobh.

AROUND, *prep.* Ceithir thimchioll, mu 'n cuairt air, mu 'n cuairt do.

AROUSE, *v. a.* 1. Wake from sleep: dùisg, gluais suas, tog. 2. raise up, excite: brosnuich, cuir chuige, beothaich.

AROW, *adv.* 1. In a row, with the breasts all bearing against the same line: ann an sreath, gu dìreach. 2. successively, in order, one after another: an déigh a chéile, gu sreathail.

AROYNT, *adv.* Romhad, gabh romhad, thoir thu féin as.

ARRAIGN, *v. a.* 1. Set a thing in order: deasaich cùis, cuir an òrdugh, cuir air seòl. 2. arraign a prisoner: thoir an làthair. 3. accuse, charge with faults in general: coirich, dìt, faigh cron do, cuir cron á leth, casaidich.

ARRAIGNMENT, *s.* Coireachadh, dìteadh, casaid, casaideachadh.

ARRANGE, *v. a.* 1. Put in the proper order: cuir an uighim, cuir an òrdugh, réitich, uighimich, cuir air ghleus, deasaich. 2. (*n.*) arrange with: dean réite ri, còrd ri.

ARRANGEMENT, *s.* Réiteachadh, uighimeachadh, cur air ghleus, deasachadh.

ARRANGER, *s.* Fear-réiteachaidh, fear-uighimeachaidh, fear-deasachaidh.

ARRANT, *adj.* Ro-olc, dona, ro-dhona. An arrant knave: fìor chrochair. An arrant coward: dearbh-chladhair, fìor ghealtair. An arrant fool: dearbh amadan.

ARRANTLY, *adv.* See Arrant.

ARRAS, *s.* Obair-ghréis, eudach ghréis-oibre.

ARRAY, *s.* 1. Order, chiefly of war: riaghailt, uidheam, òrdugh, òrdugh-catha, òrdugh-blàire. 2. dress: uidheam, deasachadh, éideadh.

ARRAY, *v. a.* 1. Put in order: cuir an òrdugh, cuir an riaghailt, tarruing suas. 2. deck, dress, adorn the person: sgeadaich, grinnich, sgiamhaich.

ARRAYER, *s.* Fear réiteachaidh.

ARREAR, *adv.* Air deireadh, an déigh làimh.

ARREAR, *s.* 1. What remains unpaid though due: cùl-fhiach, ain-fhiach, fiachan gun dìoladh, iarmad fhiachan. 2. the rear. See Rear, *s.*

ARREPTITIOUS, *adj.* 1. Snatched away: air a bhuintinn air falbh, sguabta air falbh. 2. crept in privily: a shnàig a stigh os ìosal. 3. mad: air boile, air a' chuthach.

ARREST, *s.* 1. (in law): sàradh, grabadh, bacadh. 2. any caption, seizure of the person: glacadh, bacadh, stad, cuir an làimh. 3. a stop: stad, bacadh.

ARREST, *v. a.* 1. Seize by mandate from a court,

or officer of justice: glac, cuir an làimh, cuir an sàs, cuir sàradh air. 2. seize any thing by law: cuir sàradh air, dean greim laghail air. 3. seize, lay hands on, detain by power: dean greim air, cuir an sàs, bac. 4. withhold, hinder: bac, grab, cuir dàil, cuir stad air. 5. stop motion: stad, cuir stad air, bac. 6. obstruct, stop: cum bacadh air, bac, druid, na ceadaich.

ARRIDE, *v. a.* 1. Laugh at: dean gàire ri, dean fochaid air, mag, dean magadh air. 2. smile: dean gàire, dean fèith-ghàire. 3. See Delight, *v.*

ARRISION, *s.* Gean-gàire, fiamh-ghàire.

ARRIVAL, *s.* Tighinn, teachd, ruigsinn, ruigheachd.

ARRIVANCE, *s.* Teachd-buidhne.

ARRIVE, *v. n.* 1. Come to any place by water: gabh tìr, ruig tìr, rach air tìr, thig air tìr. 2. reach any place by travelling: thig gu, ruig. 3. reach any point: ruig. 4. gain any thing by progressive approach: thoir a mach, buanaich. 5. happen to: tachair, tuit do.

ARRODE, *v. a.* Cagain, cnàmh-chagain.

ARROGANCE, } *s.* Ladarnas, an-dànadas, uaill, uabh-
ARROGANCY, } ar, ceannardas, féin-spéis, ceannas, àrdan.

ARROGANT, *adj.* Ladarna, an-dàna, uabharach, féin-spéiseil, ceannasach, àrdanach.

ARROGANTLY, *adv.* See Arrogant.

ARROGANTNESS. See Arrogance.

ARROGATE, *v. a.* Gabh ort gu h-an-dàna, gu ceannasach, tagair gun chòir, tagair gun toilltinneas, gabh gun chòir.

ARROGATION, *s.* Gabhail gu h-an-dàna, gu ceannasach, tagradh gun chòir, gun toilltinneas.

ARROGATIVE, *adj.* A ghabhas air féin gu h-an-dàna, a thagras gun chòir, a bheir ionnsuidh cheannasach.

ARROSION, *s.* Cnàmh, cagnadh, cnàmh-chagnadh.

ARROW, *s.* Saighead, guin, guineach.

ARROWY, *adj.* 1. Consisting of arrows: saigheadach, saighdeach. 2. formed like an arrow: mar shaighead, air chumadh saigheid, guineach.

ARSE, *s.* Tòn, màs, màsan. Hang an arse: dean maille, dean màirneal.

ARSE-FOOT, *s.* Spàg-an-tòn, eun-uisge àraidh.

ARSENAL, *s.* Arm-lann, tigh-tasgaidh inneal-chogaidh.

ARSMART, *s.* Lus-an-fhògraidh.

ART, *s.* 1. Power of doing something not taught by nature: eòlas, sèol, innleachd. 2. a science: ealdhain, ealain. 3. a trade: ceàird. 4. artfulness, skill, dexterity: seòltachd, eòlas, ealantachd, ealantas. 5. cunning: cuilbheart, cuilbheartachd. 6. speculation: beachd, eòlas-cinn. 7. the manner of doing a thing rightly: seòl, alt, dòigh.

ARTERIAL, *adj.* Cuisleach, cuisleachail.

ARTERY, *s.* Cuisle, cuisle mhòr.

ARTFUL, *adj.* 1. Performed with art: innleachdach, seòlta, ealanta. 2. artificial, not natural: innleachdach, le h-innleachd. 3. cunning: innleachdach, cuilbheartach, carach. 4. Skilful, dexterous: seòlta, ealanta, eòlach, teòma, deas.

ARTFULLY, *adv.* See Artful.

ARTFULNESS, *s.* 1. Skill: ealantachd, seòltachd, innleachd. 2. cunning: cuilbheartachd.

ARTHRITIS, *s.* Tinneas nan alt.

ARTICHOKE, *s.* Farusgag.

ARTICLE, *s.* 1. A part of speech: mion-fhocal. 2. a single clause of an account: earrann-cunntais, earrann air leth ann an cunntas. 3. a particular part of any complex thing: earran air leth de ńithibh coimeasgta. 4. terms, stipulations: cumha, ponc, ceann. 5. point of time, exact time: ponc, uair, àm.

ARTICLE, *v. a.* et *n.* 1. Draw up in particular articles: cùmhnantaich, cuir gu dòigh cinn-chùmhnaint, réitich, suidhich, dean suas cunntas, so-cruich cunntas. 2. stipulate, make terms: còrd ri, suidhich, ceangail.

ARTICULAR, *adj.* Altach.

ARTICULATE, *adj.* 1. Distinct, divided into its proper parts: poncail, soilleir, réidh, so-thuigsinn. 2. belonging to the joints: a bhuineas do altaibh a' chuirp.

ARTICULATE, *v. a.* et *n.* 1. Form words, utter distinct syllables: abair gu soilleir, gu réidh, gu poncail. 2. draw up articles: réitich, dean cumhachan. 3. make terms, treat: dean cumhachan ri. 4. joint: altaich, alp. 5. *n.* speak distinctly: abair gu réidh, gu soilleir.

ARTICULATELY, *adv.* See Articulate.

ARTICULATENESS, *s.* Poncalachd, altmhorachd.

ARTICULATION *s.* 1. Juncture, or joint of bones: ceangal nan alt 's nan cnàmh, alt-cheangal. 2. act of forming words: alt-labhairt, pong-labhairt.

ARTIFICE, *s.* 1. Trick, fraud, stratagem: car, cuilbheart, do-bheart, ceilg. 2. art, trade, skill obtained by science, or practice: innleachd, eòlas, ealantachd, teòmachd, ceàird.

ARTIFICER, *s.* 1. One by whom any thing is made: fear-céirde, fear-cumaidh, féar-deilbhe. 2. a forger, a contriver: fear-do-bheirt, fear-cuilbheirt, fear-as-innleachd, cealgair. 3. a dexterous, or artful fellow: fear-innleachdach, fear teòma.

ARTIFICIAL, *adj.* 1. Made by art, not natural: innleachdach, dealbta, cumta. 2. fictitious, not genuine: meallta. 3. artful, contrived with skill: ealanta, innealta, grinn. 4. cunning: carach, cuilbheartach, do-bheartach.

ARTIFICIALITY, *s.* Innleachdas, innealtachd.

ARTIFICIALLY, *adv.* See Artificial.

ARTILLERY, *s.* 1. Weapons of war: innealan-cogaidh, uidheam-chogaidh. 2. cannon, great ordnance: gunnachan mòra.

ARTISAN, *s.* 1. An artist: fear-céirde. 2. a manufacturer, a low tradesman: fear-oibre.

ARTIST, *s.* 1. A professor of an art manual: fear-làimh-chéirde. 2. a skilful man, not a novice: fear eòlach, fear teòma, fear-innleachd.

ARTLESS, *adj.* 1. Unskilful: aineolach, mi-sheòlta, mi-theòma, neo-ealanta. 2. void of fraud: saor, gun cheilg, gun innleachd, gun do-bheart, fosgailte, simplidh. 3. contrived without skill: neo-ghrinn, cearbach.

ARTLESSLY, *adv.* See Artless.
ARTLESSNESS, *s.* Neo-sheòltachd, neo-theòmachd, neo-chealgachd, simplidheachd.
ARTSMAN, *s.* See Artificer.
ARUNDINACEOUS, *adj.* Cuileach, mar chuilce.
ARUNDINEOUS, *adj.* Cuileach, làn-cuilce.
ARUSPEX, *s.* Fiosaiche, fear-fàisneachd.
ARUSPICE, *s.* See Aruspex.
AS, *conj.* 1. In the same manner with something else: mar, amhuil, amhuil mar. 2. in the manner that: mar. 3. that, in a consequential sense: gu, is gu, 's gu 'n do, air chor 's gu. 4. in the state of another: mar, an àite. Were I as you, I'd take her counsel: na 'm bithinn *'n a d' àite*, ghabhainn a comhairle. 5. under a particular consideration, with a particular respect: mar, a thaobh gur. As thou art but a man, I dare; but as thou art a prince, I fear thee: *mar* is duine thu, 's dàna leam; ach *a thaobh gur* prionnsa thu, 's eagal leam thu. 6. like, of the same kind with: mar, amhuil, amhluidh. 7. in the same degree with: mar, cho ri, ris. Red as crimson: dearg mar an corcur. The one is *as* wise, *as* the other: tha an dara neach *cho* glic *ris* an neach eile. 8. as if, according to the manner that would be if: mar gu, mar gu b' ann, mar gu 'm bitheadh. 9. according to what: mar, mar a. 10. as it were, in some sort: mar, mar gu. 11. while at the same time that: mar, mar a, 'n uair. 12. because: oir, a thaobh. 13. because it is, because they are: air son gur, a thaobh gur. 14. equally: ionann, a choimhlion agus. 15. how, in what manner: mar, a réir mar. 16. with, answering to *like*, or *same*: mar, agus. On the same errand with yourself: air a' ghnothuch cheudna *'s* a tha thu féin. 17. in a reciprocal sense, answering to *as*: agus. As far as I can: cho fad *agus* is urradh mi. 18. going before *as*, in a comparative sense, the first *as*, being sometimes understood: mar. Bright *as* the sun, and like the morning fair: dealrach *mar* a' ghrian, 's mar a' mhaduinn sèimh. 19. answering to *such*: agus, 's. Such a one *as* would benefit me. Leithid a' dhuine *'s* a dheanadh maith dhomh. 20. having *so* to answer it in a conditional sense: cho, a réir agus, a réir mar. 21. answering to *so* conditionally: mar, a réir mar. 22. redundant, before yet, *i. e.* as yet: fathast, gu so, gus a nis. 23. in a sense of comparison, followed by so: mar, a réir mar, amhuil mar. 24. *i. e. as for*: air son, air son dheth. *As for* the rest, they deserve no notice: *air son* chàich *dheth*, cha 'n fhiùgh iad aire (thoirt dhoibh.) 25. *i. e. as to*, with respect to: a thaobh, mu dhéighinn. 26. *i. e.* as well as: cho maith ri. 27. *i. e.* as though, as if: mar gu. 28. as, *i. e.* while, whilst: 'n uair. As I drew near: *'n uair* theann mi am fagus; *air dhomh* teannadh am fagus.
ASBESTINE, *adj.* Neo-loisgeach.
ASCEND, *v. a.* et *n.* 1. Climb up any thing: dìr, dìrich, sreap. 2. move upwards, mount, rise: tog ri, rach suas, gabh suas, éirich. 3. proceed from one degree of good to another: rach air t' aghaidh, thig air aghaidh. 4. stand higher in genealogy: bi os ceann, bi ni 's fagus do 'n phrìomh-cheann.
ASCENDANT, *s.* 1. Height, elevation: àirde. 2. superiority, influence: uachdranachd, làmh an uachdar, ceannardachd. 3. the person having influence or superiority: uachdaran, fear-uachdranachd.
ASCENDANT, *adj.* 1. Superior, predominant, overpowering: an uachdar, uachdrach, uachdranach, uabhrachail, ainneartach, ain-tighearnail, an-iochdmhor. 2. (in astrology), above the horizon: 's an t-sealladh, 's an radharc.
ASCENDENCY, *s.* Cumhachd, uachdranachd, smachd.
ASCENSION, *s.* 1. Act of ascending, or rising: dìreadh, dol suas, éirigh an àird. 2. the thing rising, or mounting: an ni a dhìreas, no théid suas.
ASCENSION, *s.* (in astronomy): ascnadh. Right ascension: ascnadh dìreach. Oblique ascension: ascnadh claon.
ASCENSION-DAY, *s.* Latha dol suas ar Slànuighir, naomh dhiardaoine.
ASCENT, *s.* 1. Rise, act of rising, or mounting: éirigh, dol suas, dìreadh. 2. the way by which one ascends: rathad-dìridh, slighe dhol suas. 3. an eminence, or high place: bruthach, uchdach, aonach, àirde.
ASCERTAIN, *v. a.* 1. Make certain, fix, establish: dean cinnteach, dearbh, cinntich, socruich, suidhich. 2. discover, find out: faigh a mach, faigh fios, fiosraich. 3. make confident, take away doubt: thoir cinnteachas, faigh cinnteachas, cuir á teagamh.
ASCERTAINABLE, *adj.* So-dhearbta, so-fhiosraichte.
ASCERTAINER, *s.* Fear-dearbhaidh, fear-còmhdachaidh, fear-fiosrachaidh.
ASCERTAINMENT, *s.* Riaghailt shuidhichte, riaghailt ghnàthaichte.
ASCETIC, *adj.* Iom-chràbhach, cruaidh-chràbhach, uaigneach, ri gnàth-chràbhadh.
ASCETIC, *s.* Fear-fàsaich, fear iom-chràbhaidh, aonaran iom-chràbhach.
ASCETICISM, *s.* Cor, no inntinn fir-fàsaich, no aonarain iom-chràbhach.
ASCITES, *s.* A' mheud-bhronn.
ASCITITIOUS, *adj.* Barrachdail, a chuireadh ri ni eile.
ASCRIBE, *v. a.* 1. Attribute to as a cause: cuir á leth. 2. ascribe as a quality to persons, or things: thoir do, cuir as leth.
ASCRIPTION, *s.* Cur as leth, tabhairt do.
ASCRIPTITIOUS, *adj.* A chuireadh as leth, a thugadh do.
ASH, *s.* 1. A tree: uinseann, a' chraobh-uinsinn. 2. the wood of the ash: fiodh na craoibh uinsinn.
ASHAME, *v. a.* Nàirich, cuir nàire air, cuir gu nàire.
ASHAMED, *adj.* Nàirichte, fuidh nàire.
ASHAMEDLY, *adv.* See Ashamed.
ASH-COLOURED, *adj.* Air dhath uinsinn, donn-ghlas.
ASHELF, *adv.* Air sgeir.
ASHEN, *adj.* Uinsinn, uinseannach.
ASHES, *s.* Luath, luaithre, duslach a' chuirp, an corp marbh.
ASHFIRE, *s.* Griosach, teine mùchta, griosach theith.

Ashlar, *s.* Clach-shaor gun snaigheadh.

Ashore, *adv.* 1. On shore, on the land: air tìr, air tràigh. 2. to the shore, to the land: gu tìr, gu tràigh.

Ash-tub, *s.* Soitheach-luaithre.

Ashy, *adj.* Air dhreach na luaithre, bàn-ghlas.

Asia, *s.* Asia, aon de cheàrnaibh na cruinne.

Aside, *adv.* 1. To one side, out of the perpendicular direction: siar, gu siar, a thaobh, air chamadh, cam. 2. to another part, out of the true direction: a leth-taobh, a thaobh, as an t-slighe. 3. from the company: a leth-taobh, leis-féin.

Asinary, } *adj.* Asalach, a bhuineas do asal, neo-
Asinine, } thoinisgeach, rag.

Ask, *v. a.* et *n.* 1. Petition, beg: iarr, sir, athchuingich, guidh. 2. demand, claim, as price of goods: iarr, sir. 3. question: ceasnaich, feòraich, faighnich. 4. inquire: sir, iarr, feòraich. 5. require, as physically necessary: iarr, sir. 6. petition for, beg for: iarr air son. 7. inquire for: fiosraich.

Ask, *s.* See Asker.

Askance, } *adv.* Cam, siar, air siaradh, claon.
Askunce, }

Askaunt, *adv.* See Askance.

Asker, *s.* 1. A petitioner: fear-iarraidh, iarradair. fear-athchuinge. 2. an inquirer: fear-siridh, fear-rannsachaidh.

Asker, *s.* Dearc-luachrach uisge.

Askew, *adv.* 1. Aside, with contempt, or envy: gu claon, gu tàireil, gu sanntach. 2. obliquely: cam, gu cam, a leth-taobh.

Aslake, *v. a.* Lasaich, lagaich, fuasgail, logh.

Aslant, *adv.* See Askance.

Asleep, *adv.* 1. Sleeping, at rest: an codal, an suain, aig fois. 2. to sleep: gu codal, gu suain. 3. dead: an staid nam marbh.

Aslope, *adv.* Le leathad, fiar, cam.

Aslug, *adv.* Gu trom-cheannach, gu màirnealach.

Asomatous, *adj.* Gun chorp, neo-chorporra.

Asp, } *s.* Nathair nimhe ro mharbhtach.
Aspic, }

Asparagus, *s.* Creamh-mac-fiadh.

Aspect, *s.* 1. Look, air, appearance: snuadh, gnuùis, aogas, dreach, fiamh. 2. countenance, look: seallādh, sealltuinn, coslas. 3. glance, view, act of beholding: dearcadh, amharc, sealltuinn. 4. direction toward any point: aghaidh, eudan. 5. disposition of any thing to something else: ceangaltas, dàimh taobh. 6. disposition of a planet to other planets: aomadh.

Aspectable, *adj.* Faicsinneach, so-fhaicsinneach, so-léirsinneach.

Aspected, *adj.* Eudanach, guùiseach, aogasach.

Aspection, *s.* Sealltuinn, coimhead, amharc, dearcadh.

Aspen, or Asp, *s.* Critheach, an critheann.

Aspen, *adj.* Critheannach, a bhuineas do chritheann, crithinn.

Asper, *adj.* Garbh, geur, doirbh, neo-chòmhnard.

Asperate, *v. a.* Dean garbh, dean doirbh, neo-chòmhnard, aimhreitich.

Asperation, *s.* Garbhachadh, aimhréiteachadh, doirbheachadh.

Asperifolious, *adj.* Garbh-dhuileach, air am bheil duille mholach.

Asperity, *s.* 1. Unevenness, roughness of surface: gairbhe, neo-chòmhnardachd. 2. roughness of sound, harshness of pronunciation: garbh-fhuaim bhriathar, garbh-ghuth, garbh labhrachas. 3. roughness or ruggedness of temper: gairge, crosdachd, sglàmhruinn, fiatachd. 4. sharpness: géire, geurachd.

Aspernation, *s.* Tàir, dimeas, neo-aire.

Asperous, *adj.* See Asper, *adj.*

Asperse, *v. a.* 1. Bespatter with censure, or calumny: tarcuisich, cùl-chàin, maslaich. 2. cast upon: tilg air.

Asperser, *s.* Fear-cùl-chàinidh, fear-tuaileis.

Aspersion, *s.* 1. A sprinkling: crathadh, crathadh air. 2. calumny, censure: tuaileas, beum, masladh, cùl-chàineadh.

Asphaltic, *adj.* Bìtheara, bìtheanta, piceach.

Asphaltos, *s.* Gnè phic, no bìthe.

Aspick, *s.* See Asp, *s.*

Aspirate, *v. a.* et *n.* Pronounce with aspiration, or full breath: abair le neart analach.

Aspiration, *s.* 1. A breathing after, an ardent wish: togradh, geur-thogradh, beò-iarruidh, miannachadh. 2. act of aspiring, or desiring something high, or great: anamhiann, mòr dhéigh air ni-eigin mòr, no àrd. 3. pronunciation of a sound with full breath: labhairt le neart analach.

Aspire, *v. a.* et *n.* 1. *i. e.* Aspire to: iarr, dian-iarr. 2. desire with eagerness: bi an geall air, miannaich, bi 'n déigh air. 3. rise, tower: sìn suas, éirich, éirich suas.

Aspirement, *s.* See Aspiration, 1. and 2.

Aspirer, *s.* Fear-miannachaidh air ni-eigin mòr, no àrd.

Aspiring, *s.* 1. Desire of something great: miann, àrd-mhiann. 2. a point, stop: pong, stad.

Asportation, *s.* Togail le, toirt air falbh.

Asquint, *adv.* See Askance.

Ass, *s.* 1. The animal of burden: asal. 2. a stupid, heavy, or dull fellow: ùmaidh, tamhasg, amhlair.

Assail, *v. a.* 1. Attack in a hostile manner, invade: thoir ionnsuidh air, éirich air, leum air. 2. attack with argument, censure, or motives: cas ris, connsaich, cùir aghaidh air, cuir impidh, asluich.

Assailable, *adj.* So-bhualta, so-ghabhail le ionnsuidh.

Assailant, *s.* Fear-ionnsuidh, fear-thogail na srìthe, fear-connsachaidh, fear-casaidh.

Assailant, *adj.* A bheir ionnsuidh, a thug ionnsuidh, a dh' éireas air, connsachail, srìtheil.

Assailer, *s.* See Assailant, *s.*

Assailment, *s.* Ionnsuidh, casadh ri, connsachadh.

Assassin, } *s.* Mortair, neach a bheir oidhirp
Assassinate, } mortaidh.

Assassin, *v. a.* See Assassinate, *v.*

Assassinate, *s.* Mortadh, oidhirp mhortaidh.

Assassinate, *v. a* et *n.* 1. Murder by violence: mort, mort, no marbh le foill, no le h-ainneart. 2.

way-lay: thoir ionnsuidh mharbhaidh gu h-uaigneach.

Assassination, *s.* Mortadh, mortadh le foill.

Assassinator, *s.* Mortair, fear-mortaidh le foill.

Assassinous, *adj.* A mhortas le foill, no ainneart.

Assation, *s.* Ròstadh, ròsladh.

Assault, *s.* 1. An attack, a hostile onset: ionnsuidh, aghaidh, ionnsuidh nàimhdeil, ruathar. 2. hostile violence: nàimhdeas, ainneart nàimhdeil.

Assault, *v. a.* Thoir iomsuidh air, thoir ruathar, thoir ionnsuidh nàimhdeil.

Assaulter, *s.* Fear-ionnsuidh, fear-bualaidh.

Assay, *s.* 1. Examination, trial: deuchainn, feuchainn, dearbhadh. 2. the first entrance upon any thing: tòiseachadh, sìneadh ri. 3. trial by danger, or distress: deuchainn. 4. value: luach.

Assay, *v. a.* 1. Make trial of, experiment of: feuch, dearbh, cuir deuchainn air. 2. apply to, as the touch-stone to metals: cuir ri, dearbh. 3. try, endeavour: oidhirpich, feuch, thoir oidhirp.

Assayer, *s.* Fear-deuchainn, fear-dearbhaidh.

Assectation, *s.* Frithealadh, frithealadh air.

Assecure, *v. a.* Thoir cinnteachas, dean cinnteach.

Assecuration, *s.* Dearbhadh, cinnteachas.

Assecution, Toirt a mach, faotainn, buannachadh.

Assemblage, *s.* 1. A collection: cruinneachadh, tional. 2. State of being assembled: cruinneachadh.

Assemblance, *s.* 1. See Resemblance. 2. assembling: tional, cruinneachadh.

Assemble, *v. a.* et *n.* 1. Bring together into one place: cruinnich, co-cruinnich, thoir an ceann a chéile. 2. meet together: cruinnich, co-cruinnich.

Assembler, *s.* Fear-cruinneachaidh, fear-tionail.

Assembling, *s.* Cruinneachadh, tional.

Assembly, *s.* 1. A company met together: cuideachd, co-thional, co-chruinneachadh, coisir. 2. See Assemblage. 3. the assembly of divines: seanadh, àrd-sheanadh.

Assembly-room, *s.* Seòmar-co-chruinneachaidh, seòmar chum coinneimh-shùgraidh.

Assent, *s.* 1. Act of agreeing to any thing: aontachadh, còrdadh le. 2. consent, agreement: aont, géill, co-chòrdadh.

Assent, *v. n.* Aontaich, géill, co-aontaich, còrd.

Assentation, *s.* Claon-aontachd, slìomchaireachd.

Assentator, *s.* Fear-claon-aontachd, fear slìomchaireach.

Assenter, *s.* Fear-aontachaidh, fear-cuideachaidh.

Assentingly, *adv.* Gu h-aontachail.

Assentment, *s.* Aontachadh, co-aontachadh.

Assert, *v. a.* 1. Maintain, defend: tagair, agair. 2. claim, vindicate a title to: tagair, tagair còir air. 3. rescue, free: saor, teasairg.

Assertion, *s.* 1. Act of asserting: tagradh, agairt 2. position advanced: briathar, focal, ceann-dearbhaidh.

Assertive, *adj.* Tagrach, dian-bhriathrach, dian-bharalach, abartach.

Assertively, *adv.* See Assertive.

Assertor, *s.* Fear-tagraidh, fear dian-labhrach, neach a thubhairt.

Assertory, *adj.* See Assertive.

Asserve, *v. a.* Cuidich, cuir leis, dean còmhnadh ri.

Assess, *v. a.* Leag cìs, no càin, cuir cìs air, meas cìs do.

Assess, *s.* See Assessment.

Assessable, *adj.* O 'n sirear cìs, a dh' fheumas cìs ìocadh.

Assession, *s.* Co-shuidhe chum comhairle, no cuideachadh a thabhairt.

Assessionary, *adj.* A bhuineas do luchd-cìs.

Assessment, *s.* 1. The sum levied on any property: cìs, càin. 2. act of assessing: cìs-leagadh.

Assessor, *s.* 1. The person who sits by another: fear suidhe maille ri breitheamh. 2. he that lays taxes: fear-leagaidh na cìse.

Assever, } *v. a.* Dian-bhriathraich, mionnaich,
Asseverate, } thoir t' fhocal.

Asseveration, *s.* Briathar, mionnachadh, mionnan.

Asshead, *s.* Ùmaidh, burraidh, tamhasg.

Assiduate, *adj.* Lathail.

Assiduity, *s.* Dìchioll, buan-dhùrachd, dlùth-oidhirp, leanmhuinneachd.

Assiduous, *adj.* Dìchiollach, dùrachdach, dian-oidhirpeach, leanmhuinneach.

Assiduously, *adv.* See Assiduous.

Assiduousness, *s.* See Assiduity.

Assiege, *v. a.* See Besiege.

Assign, *v. a.* 1. Mark out, appoint: òrduich, comharraich, cuir air leth, sònruich. 2. appropriate: sònruich, cuir air leth. 3. fix, with regard to quantity or value: suidhich, socruich, ceartaich. 4. (in law), thoir thairis do neach eile, thoir còir do neach eile.

Assignation, *s.* 1. An appointment to meet, commonly of lovers: coinneamh, coinneamh leannanachd. 2. a making over of a thing to another: toirt seachad còrach do neach eile. 3. designation, marking out: cur air leth, sònruchadh.

Assigner, *s.* Fear sònruchaidh, fear-suidheachaidh ni air neach eile.

Assignment, *s.* 1. Designation of one thing to another thing or person: sònruchadh, no comharrachadh ni do ni, no do neach eile. 2. act of marking out, or appointing: òrduchadh, sònruchadh, cur air leth.

Assimilate, *v. a.* et *n.* 1. Bring to a likeness, or resemblance: dean coslach, co-choslaich. 2. turn to its own nature by digestion: thoir gu 'ghnè féin le cnàmh 's a' ghoile. 3. perform the act of converting food to nourishment: meirbh, cnàmh 's a' ghoile.

Assimilateness, *s.* Cosmhalachd, co-chosmhalachd.

Assimilation, *s.* Deanamh coslach, co-choslachadh.

Assimulate, *v. a.* Gabh ort, gabh coslas nach buin dhuit.

Assist, *v. a.* et *n.* 1. Help: cuidich, fòir, comaraich. 2. help, contribute: dean còmhnadh ri, thoir còmhnadh do.

Assistance, *s.* Cuideachadh, cobhair, còmhnadh, iom-fhuasgladh.

Assistant, *adj.* Cuideachail, furtachail, comasach, cobhrachail.

Assistant, *s.* Fear-còmhnaidh, fear-cuideachaidh, fear-cobhrach.

Assister, *s.* See Assistant.

Assistless, *adj.* See Helpless.

Assize, *s.* 1. An assembly of knights with the bailiff or justice: mòd, cruinneachadh fhlath maille ri breitheamh. 2. a jury: luchd-breith, luchd-deuchainn. 3. an ordinance, or statute: reachd, riaghailt. 4. any court of justice: mòd, cùirt-cheartais. 5. assize of bread, ale, &c.: tomhas laghail air aran, leann, &c. le luchd-riaghlaidh. 6. measure: tomhas, àirde.

Assize, *v. a.* Comharraich tomhas no luach ni air bith.

Assizer, *s.* Fear-riaghlaidh thomhasan.

Ass-like, *adj.* Coltach ri asail, asalach, trom-cheannach.

Associable, *adj.* See Sociable.

Associate, *v. a.* et *n.* 1. Unite with another as a confederate: ceangail an companas ri. 2. adopt as a friend upon equal terms: gabh mar charaid. 3. keep company with another: dean companas ri, dean taobh ri, cum comunn ri. 4. unite, join: ceangail, co-cheangail. 5. unite thyself, join thyself: bi 'n companas ri, bi 'n cuideachdas, bi mar ri.

Associate, *adj.* Co-aontach, co-chuideachdach.

Associate, *s.* Companach, fear-cuideachdais, còmhlan, fear-caidreimh.

Association, *s.* 1. Union, conjunction, society: co-aontachadh, co-chomunn, comunn, co-chuideachd. 2. confederacy, union for particular purposes: co-chùmhnant, co-réite. 3. partnership: comh-phàirt, pàirteachas. 4. connection: dàimh, co-cheangaltas. 5. apposition, union of matter: co-aonachd, co-aonachadh. 6. an assembly of persons, a club: coisir, comunn, co-chomunn.

Associator, *s.* See Associate, *s.*

Assoil, *v. a.* 1. Solve, remove, answer: fuasgail, freagair, thoir deadh fhreagairt. 2. release, set free, acquit, pardon: cuir mu sgaoil, cuir saor, saor, logh, maith. 3. stain, soil: salaich.

Assonance, *s.* Co-fhuaim, co-fhuaimneachd.

Assonant, *adj.* Co-fhuaimneach.

Assonate, *v. n.* Dean fuaim, seirm mar chlag.

Assort, *v. a.* Cuir an òrdugh, réitich, dean réidh.

Assortment, *s.* 1. Act of classing, or ranging: cur an òrdugh, réiteachadh. 2. a mass or quantity properly selected and ranged: meall, cruinneachadh, tomult de ni thibh an deadh òrdugh.

Assuage, *v. a.* et *n.* 1. Mitigate, soften, allay: caisg, lughdaich, eutromaich, ciùinich. 2. appease, pacify: sìthich, ciùinich. 3. ease, give ease: sìthich, ciùinich. 4. abate: traogh, tuit, luidh, ciùinich.

Assuagement, *s.* Faothachadh, lasachadh, lughdachadh, socair.

Assuager, *s.* Fear-ciùineachaidh, fear-sìtheachaidh, fear-eutromachaidh.

Assuasive, *adj.* Ciùineach, a chiùinicheas, a dh'eutromaicheas.

Assuefaction, *s.* Cleachdamh, nòs, àbhaist, àbhaisteachd.

Assuetude, *s.* See Assuefaction.

Assume, *v. a.* et *n.* 1. Take: gabh, glac, gabh do t' ionnsuidh. 2. arrogate, claim unjustly: gabh ort féin, agair gun chòir, gabh gun chòir. 3. suppose granted without proof: gabh chugad gun dearbhadh, gun chòmhdach, tog beachd gun chòmhdachadh. 4. apply to one's own use: gabh chugad féin, dean t' fheum féin dheth. 5. be arrogant: bi ceannasach, uaibhreach, no àrdanach.

Assument, *s.* Càireadh, clùd, breaban.

Assumer, *s.* Fear-ladarna, fear-ceannasach, àrdanach, a shireas ceannas.

Assuming, *s.* Ladarnas, an-dànadas, ceannasachd.

Assuming, *adj.* Uaibhreach, ladarna, ceannasach.

Assumpsit, *s.* Focal geallaidh, gealltanas, saorghealladh.

Assumption, *s.* 1. Act of taking any thing to one's self: glacadh, gabhail do 'ionnsuidh féin. 2. act of supposing any thing without farther proof: togail beachd, no barail gun chòmhdachadh. 3. the thing supposed: an ni a ghabhar, barail gun bhunait, no a chreidear gun chòmhdachadh. 4. the taking up of any one into heaven: glacadh, no togail suas do nèamh. 5. act of taking: gabhail. 6. adoption, application: cur am feum.

Assumptive, *adj.* A chaidh thogail, no ghabhail.

Assurance, *s.* 1. Certain expectation: cinnteachas, dùil chinnteach, làn-dòchas. 2. secure confidence, trust: earbsa, earbsa chinnteadh. 3. freedom from doubt, certain knowledge: cinnteachd, cinnteachas, dearbhachd. 4. firmness, undoubting steadiness: seasmhachd, neo-ghluasadachd. 5. confidence, want of modesty: ladarnas, dànadas, dànachd, beadaidheachd, peasanachd. 6. freedom from vicious shame: fearalachd, duinealas. 7. ground of confidence: aobhar-dòchais, culaidh-earbsaidh. 8. spirit, intrepidity: meanmnadh, smior, smioralachd, tréine. 9. sanguineness, readiness to hope: ro-dhòchas. 10. testimony of credit: teisteas, teisteas fhiùghail. 11. conviction: dearbhadh, féin-mhothachadh. 12. (in theology), dearbhachd creidimh, dearbhachd air gràdh Dhé.

Assure, *v. a.* 1. Give confidence by a firm promise: thoir gealladh cinnteach. 2. secure to another, make firm: thoir cinnteachas, thoir tèaruinteachd. 3. make confident, exempt from doubt, or fear: cuir o theagamh, cuir á eagal. 4. make secure: dean tèaruinte. 5. affiance, betroth: dean cùmhnant, dean ceangal-pòsaidh.

Assured, *adj.* 1. Certain, undoubted: cinnteach, dearbhta. 2. certain, not doubting: cinnteach, neo-theagamhach. 3. immodest, viciously confident: beag-naireach, ladarna, an-dàna.

Assuredly, *adv.* Gun teagamh, gun amharus, gu cinnteach.

Assuredness, *s.* Cinnteachas, neo-theagamhachd.

Assurer, *s.* 1. He that gives assurance: fear-cinnteachais. 2. he that gives security to make good any loss: fear-urrais.

Asswage, *v. a.* et *n.* See Assuage.

Asterites, *s.* Clach reannagach.

Astern, *adv.* Gu deireadh na luinge, aig deireadh na luinge, 's an deireadh.

ASTHMA, *s.* Luathas-analach, cuing-analach.

ASTHMATIC, ASTHMATICAL, *adj.* Fuidh 'n luathas-analach.

ASTHMATIC, *s.* Neach air am bheil an luathas-analach.

ASTHENIC, *adj.* Lag, lag-chuiseach.

ASTIPULATION, *s.* Aontachadh, co-aontachadh.

ASTONE, ASTONY, *v. a.* See Astonish.

ASTONISH, *v. a.* Iongantaich, cuir ioghnadh, cuir fuidh ioghnadh, cuir air ioghnadh, cuir fuidh uamhunn.

ASTONISHING, *adj.* Ioghantach, uamhasach, eagallach.

ASTONISHINGLY, *adv.* See Astonishing.

ASTONISHINGNESS, *s.* Iongantachd, mìorbhuileachd, uamhasachd.

ASTONISHMENT, *s.* 1. Confusion of mind from fear or wonder: ioghnadh, iongantas, eagal, uamhunn. 2. cause or matter of astonishment: iongantas, aobhar-iongantais, aobhar-ioghnaidh, ioghnadh.

ASTOUND, *v. a.* Uamhunnaich, cuir uamhunn air, cuir fuidh uamhunn.

ASTRADDLE, *adv.* Gobhlach, casa-gobhlach.

ASTRAL, *adj.* Reannagach, reultach.

ASTRAY, *adv.* Air seacharan, air mhearachd, as an rathad.

ASTRICT, *v. a.* See Constringe.

ASTRICT, *adj.* Geàrr, goirid.

ASTRICTION, *s.* Teannachadh, ceangal, teannadh.

ASTRICTIVE, *adj.* Teanntach, ceangaltach, ceanglach.

ASTRICTORY, *adj.* Teann, teanntach.

ASTRIDE, *adv.* Gobhlach, casa-gobhlach.

ASTRIFEROUS, ASTRIGEROUS, *adj.* A' giùlan reul, reultach.

ASTRINGE, *v. a.* Teannaich, crup, thoir crupadh air.

ASTRINGENCY, *s.* Teannachadh, teanntachd, buaidh-theannachaidh.

ASTRINGENT, *adj.* Ceangaltach, teanntachail, ceanglach.

ASTRINGENT, *s.* Cungaidh-leighis a theannaicheas, no, a cheanglas.

ASTROGRAPHY, *s.* Reul-eòlas, reul-chunntas.

ASTROLOGER, *s.* Speuradair, reuladair, reul-dhruidh.

ASTROLOGIAN, *s.* See Astrologer.

ASTROLOGIC, ASTROLOGICAL, 1. Possessing astrology: aig am bheil eòlas nan reul. 2. relating to astrology: a bhuineas to reul-dhruidheachd.

ASTROLOGY, *s.* Reul-eòlas, speuradaireachd, reul-dhruidheachd.

ASTRONOMER, *s.* Reuladair, reul-ollamh.

ASTRONOMIC, ASTRONOMICAL, *adj.* Reul-eòlach, a bhuineas do reul-eòlas.

ASTRONOMICALLY, *adv.* See Astronomic.

ASTRONOMIZE, *v. n.* Gnàthaich reul-eòlas.

ASTRONOMY, *s.* Reul-eòlas, speur-eòlas.

ASTRO-THEOLOGY, *s.* Reul-dhiadhaireachd.

ASTRUT, *adv.* Gu spagluinneach.

ASTUTE, *adj.* Carach, innleachdach, do-bheartach.

ASUNDER, *adv.* Air leth, as a chéile, o chéile, gu sgaoilteach.

ASWOON, *adv.* Am paisean, am breisleach.

ASYLUM, *s.* Tèarmunn, ionad-tèarmuinn, dìdean ionad-dìdein, dìon-àite.

ASYMMETRY, *s.* Neo-chumadh, di-riaghailt, mi-dhreach.

AT, *prep.* 1. Near a place: fagus do, fagus air, làimh ri, làimh ris. 2. before a word signifying time: ri, ann, ann am, ann an. 3. before a causal word: le, o. 4. before a superlative adjective: aig, air. 5. at, before a substantive, the particular condition or circumstances of the person or thing: aig, ann, ann an. 9. signifying employment, or attention: ri, aig. 7. the same as, *furnished with:* le, fuidh. 8. signifying the place where any thing is: aig, ann. 9. signifying immediate consequence of: tre, troimh. 10. marking effect produced by an act: le, air, o. 11. the same as *in*, noting situation: aig, air, ann. 12. marking the occasion, like *on:* ri. 13. in the power of, or, obedient to: aig, fuidh. 14. noting the relation of a man to an action: le. 15. importing the manner of an action: aig, ann. 16. *i. e.* at all: idir.

ATARAXIA, ATARAXY, *s.* Sàmhchair, sìothchaint, fois.

ATAXY, *s.* Buaireas, aimhreit, mi-riaghailt.

ATE, *pret.* of Eat: dh'ith.

ATHEISM, *s.* Dia-àicheadh, àicheadh air bith Dhé.

ATHEIST, *s.* Fear-àicheidh Dhé, anacreidmheach.

ATHEIST, ATHEISTICAL, *adj.* Neo-chreidmheach, a dh'àicheadhas bith Dhé.

ATHEISTICALLY, *adv.* See Atheistical.

ATHEISTICALNESS, *s.* Neo-chreidmheachd, ain-diadhachd.

ATHEIZE, *v. n.* Labhair mar fhear-àicheidh Dhé, mar anacreidmheach.

ATHEOLOGIAN, *s.* Mi-dhiadhair, ain-diadhach.

ATHEOUS, *adj.* See Atheistical.

ATHEROMA, *s.* Foinne, droch ghuirean.

ATHEROMATOUS, *adj.* Foinneach, mar fhoinne.

ATHIRST, *adv.* Air ìotadh, air phathadh.

ATHLETE, *s.* Fear-comhsrith air son na buaidhe.

ATHLETIC, *adj.* 1. Belonging to wrestling: a bhuineas do ghleachdadh. 2. strong of body, vigorous, lusty, robust: làidir, calma, foinneamh, fearail, foghainteach.

ATHWART, *prep.* Tarsuinn, troimh, air feadh.

ATHWART, *adv.* 1. Crossly: gu cèarr, gu crosda. 2. wrong: air mhearachd, cèarr, gu tuaitheal.

ATILT, *adv.* 1. In the manner of a tilter: le buille shàthaidh. 2. in the posture of a cask, raised, or tilted behind to make it run out: aomta, a leth-taobh, air 'eàrr.

ATLAS, *s.* 1. A collection of maps: leabhar dealbha dhùthchannan. 2. the supporters of a building: puist aitreibh, puist-tighe. 3. A sort of silk: gnè shìoda air son eudach boirionnaich.

ATMOSPHERE, *s.* Àileadh, an t-àileadh, athar, adhar.

ATMOSPHERICAL, *adj.* Atharail, a bhuineas do 'n àileadh.

ATOM, *s.* Dadmun, dadum, smùirnean, càilean, deannan.

ATOMICAL, *adj.* Dadmunach, smùirneanach, deannanach.

ATOMISM, *s.* Teagasg nan dadmun.

ATOMLIKE, *adj.* Dadmunach, deannanach.

ATOMY, *s.* 1. See Atom. 2. See Anatomy.

ATONE, *v. a.* et *n.* 1. Reduce to concord, appease: thoir dìol, dìol éiric, réitich, dean réite. 2. expiate, answer for: dean réite air son chiontach. 3. agree, accord: còrd, bi réidh ri. 4. stand as an equivalent for something: thoir luach seachad, dìol éiric.

ATONE, ATTONE, *adv.* See Attone, *adv.*

ATONEMENT, *s.* 1. Agreement, concord: réite, còrdadh. 2. expiation, expiatory, equivalent: éiric, iobairt-réite, luach-éiric.

ATONER, *s.* Fear-réite.

ATONIC, *adj.* Gun téis.

ATONY, *s.* Neo-fhonn, neo-shunnt.

ATOP, *adv.* Air mullach, gu h-àrd, air uachdar.

ATRABILARIAN, ATRABILARIOUS, *adj.* Dubhach, brònach, muladhach.

ATRABILARIOUSNESS, *s.* Dubhachas, bròn, leanndubh, cianalas.

ATRAMENTAL, ATRAMENTOUS, *adj.* Dubh, mar dhubh-sgrìobhaidh.

ATRED, *adj.* Air dhath dubh.

ATROCIOUS, *adj.* Aingidh, anntrom, dàn-aingidh, mallaichte, fuilteach, an-iochdmhor, borb.

ATROCIOUSLY, *adv.* See Atrocious.

ATROCIOUSNESS, *s.* Aingidheachd, dàn-aingidheachd, fuilteachas, buirbe.

ATROCITY, *s.* See Atrociousness.

ATROPHY, *s.* Caitheamh, gnè chàitheimh anns nach faighear feum do bhiadh.

ATTACH, *v. a.* 1. Arrest, take, or apprehend, by commandment, or writ: glac, cuir an làimh, dean greim air. 2. lay hold on, as by power: dean greim air le h-ùghdarras. 3. win, gain over, enamour: tàlaidh, coisinn gràdh. 4. gain over to thy interest: dlùthaich riut féin.

ATTACHMENT, *s.* 1. Adherence, fidelity: dìlseachd, leantuinn, leanmhuinneachd, dàimh. 2. attention, regard: aire, déigh, tlachd, gràdh, rùn. 3. (in law): glacadh air pearsa no air cuid duine.

ATTACK, *v. a.* 1. Assault an enemy: thoir ionnsuidh, thoir ruathar. 2. impugn in any manner: cronaich, faigh cron do, air dhòigh 's am bith.

ATTACK, *s.* Ionnsuidh, ionnsuidh nàimhdeil, ruathar.

ATTACKER, *s.* Fear-ionnsuidh, fear-ruathair, fear-fòirneirt.

ATTAIN, *v. a.* et *n.* 1. Gain, procure: faigh, buannaich, coisinn. 2. overtake, come up with: thig a suas ri, beir air. 3. come to, enter upon: faigh, ruig, gabh seilbh air. 4. reach, equal: ruig, dean samhuil. 5. come to a certain state: ruig, thig a dh' ionnsuidh. 6. arrive at: ruig, thig a dh' ionnsuidh.

ATTAINABLE, *adj.* A dh' fhaodar fhaotainn, so-choisinte, so-ruigheachd.

ATTAINABLENESS, *s.* So-bhuannachd, so-choisinteachd

ATTAINDER, *s.* 1. The act of attainting in law, the conviction of a crime: dìteadh-lagha, cùirt-dhìteadh. 2. sully of character: truailleachd, amharus, coire.

ATTAINMENT, *s.* 1. Acquisition: buannachd, cosnadh, tairbhe, ionnsachadh. 2. the act, or power of attaining: buidhinn, ruigsinn, ionnsachadh.

ATTAINT, *v. a.* 1. Disgrace, cloud with ignominy: tàmailtich, maslaich. 2. corrupt, taint: salaich, truaill.

ATTAINT, *adj.* Dìte mar cheannairceach, air fhàgail fuidh 'n choire.

ATTAINT, *s.* 1. Any thing injurious, as illness, weariness: trioblaid, claoidh, airsneul. 2. stain, spot, taint: ball salach, truailleachd, ciont. 3. (in horsemanship) a blow, or wound on the hinder feet of a horse: leòn, lot coise. 4. (in law) a writ so called: diteadh, binn.

ATTAINTMENT, *s.* Masladh, truailleadh, dìteadh.

ATTAINTURE, *s.* Dìteadh-lagha, achmhasan, coire, tàmailt, masladh, droch amharus.

ATTEMPER, *v. a.* 1. Mingle, weaken by the mixture of something else: lagaich le measgadh, measgaich. 2. soften, mollify: bogaich, taisich, dean sèimh. 3. mix in just proportions, regulate: coimheasg gu ceart, dean coi-mheasgadh freagarrach. 3. fit to something else: deasaich e, dean freagarrach e.

ATTEMPERANCE, *s.* See Temperance.

ATTEMPERATE, *v. a.* Dean freagarrach 'n a nàdur, thoir gu nàdur, coi-chuimsich.

ATTEMPT, *v. a.* 1. Attack, invade: thoir ionnsuidh, feuch ri, thoir deuchainn. 2. try, endeavour: feuch ri, oidhirpich, dean dìchioll. 3. tempt: buair.

ATTEMPT, *s.* 1. An attack: ionnsuidh. 2. an essay, an endeavour: deuchainn, oidhirp, feuchainn.

ATTEMPTABLE, *adj.* Fosgailte ri deuchainn, so-oidhirpeach, furasda ri ionnsuidh.

ATTEMPTER, *s.* 1. The person that attempts: fear-deuchainn, oidhirpiche, fear-ionnsuidh. 2. an endeavourer: fear-deuchainn, oidhirpiche, fear-feuchainn.

ATTEND, *v. a.* et *n.* 1. Regard, fix the mind upon: thoir aire, beachdaich, measraich. 2. wait on, accompany, as an inferior: fritheil, feith air. 3. accompany, as an enemy: bi 'n a fhochair, theirig 'n a chuideachd, cum a suas ri. 4. be present with, upon a summons: thig a lathair, feith air. 5. accompany, be appendant to: bi 'n a chuideachd, bi maille ri. 6. expect: amhairc air son, biodh dùil agad ri. 7. wait on, as on a charge: feith, fritheil. 8. be consequent upon: lean e, sruth uaith. 9. remain to, await: feith, fan ri. 10. wait for insidiously: feith air, fuirich ri. 11. be bent upon any object: bi suidhichte air, leag t' aire air. 12. stay for: feith ri, fuirich ri. 13. mind, manage: thoir aire, thoir fainear. 14. yield attention: bi toirt aire, beachdaich. 15. stay, delay: stad, feith, dean moille. 16. wait, be within the reach of call: feith, bi 'n àit éisdeachd. 17. wait, as compelled by authority: feith air, thig a dh' ionnsuidh.

ATTENDANCE, *s.* 1. The act of waiting on another:

feitheamh, frithealadh. 2. service: frithealadh, seirbhis. 3. the persons waiting: luchd-frithealaidh, luchd-feitheimh, seirbheisich. 4. attention, regard: aire. 5. expectation: dùil-fheitheamh, amharc air son.

ATTENDANT, *adj.* Fritheilteach, aig coimheadachd.

ATTENDANT, *s.* 1. One that attends: fear-feitheimh, fear-frithealaidh. 2. one that belongs to the train: fear de 'n luchd-leanmhuinn, aon de 'n luchd-coimhideachd. 3. one that waits the pleasure of another: fear-feitheimh, fear-frithealaidh. 4. one that is present at any thing: fear-feitheimh, fear-amhairc.

ATTENDER, *s.* Combanach, fear-cuideachd.

ATTENT, *adj.* Furachail, a' tabhairt làn aire fritheilteach.

ATTENTION, *s.* Aire, tabhairt fainear, beachdachadh, furachas, faicill.

ATTENTIVE, *adj.* Furachail, faicilleach, suimeil, beachdail, cùramach.

ATTENTIVELY, *adv.* See Attentive.

ATTENTIVENESS, *s.* Aire, tabhairt fainear, faicilleachd.

ATTENUANT, *adj.* Tana, caol, a thanaicheas, a ṅi caol.

ATTENUATE, *v. a.* 1. Make thin, or slender: dean tana, tanaich, dean caol. 2. lessen, diminish: lughdaich, dean tearc.

ATTENUATION, *s.* 1. The act of making any thing thin, or slender: tanachadh, caolachadh. 2. the state of being made thin, or less: caoilead, tanachd.

ATTER, *s.* Salachar, ni truaillidh.

ATTEST, *v. a.* 1. Bear witness of: thoir fianuis, tog fianuis, dean teisteas. 2. call to witness: gairm mar fhianuis, cuir ràdh air.

ATTEST, *s.* Fianuis, teisteas, teisteannas.

ATTESTATION, *s.* Teisteas, fianuis, dearbhadh.

ATTESTER, ATTESTOR, *s.* Fianuis, fear-tabhairt fianuis.

ATTIC, *adj.* Glan-chainnteach, soilleir-bhriathrach, grinn-labhrach.

ATTIC, *s.* 1. A native of Attica: Atticach, fear a' mhuinntir Attica. 2. (in architecture) the garret, or uppermost room in the house: an seòmar mullaich, an t-àrd sheòmar.

ATTIRE, *v. a.* 1. Dress, habit, array: aodaich, còmhdaich, sgeadaich, sgiamhaich. 2. (in heraldry) spoken of the horns of a buck, or stag: comhdaich, sgeadaich, cuir an uidheam.

ATTIRE, *s.* 1. Clothes, dress, habit: aodach, còmhdach, earradh, culaidh, trusgan. 2. the head-dress in particular: earradh-cinn, còmhdach-cinn. 3. (in hunting) the horns of a buck, or stag: cròc-cinn, cabar-cinn. 4. (in botany) a division of the flower of a plant: bil thana luis.

ATTIRER, *s.* Fear-sgeadachaidh, fear-cluthachaidh.

ATTIRING, *s.* Còmhdach-cinn, bréid an crannaig.

ATTITUDE, *s.* Suidheachadh, seasamh, sèol-nochdaidh.

ATTOLLENT, *adj.* Togalach, a thogas an àirde.

ATTORNEY, *s.* 1. Ard-fhear gnothaich, fear-ionaid, sgrìobhair, fear-lagha. 2. anciently used for those who did any business for another: fear-seasaimh àite neach eile, fear-ionaid.

ATTORNEY, *v. a.* 1. Perform by proxy: dean àite neach eile, bi d' fhear-ionaid, seas air son. 2. employ as proxy: gabh mar fhear-ionaid, cuir 'n a d' àite.

ATTORNEYSHIP, *s.* Dreuchd fir-lagha, sgrìobhaireachd.

ATTRACT, *v. a.* 1. Draw to something: tarruing, tarruing 'n a d' dhéigh. 2. allure, invite: tàlaidh, meàll 'n a d'ionnsuidh.

ATTRACTER, *s.* See Attractor.

ATTRACTICAL, *adj.* Tarruingeach, tàlaidheach.

ATTRACTINGLY, *adv.* See Attractical.

ATTRACTION, *s.* 1. The power of drawing any thing: comas-tarruing, comas-tàlaidh, sùghadh. 2. the power of alluring, or enticing: comas-tàlaidh, mealladh.

ATTRACTIVE, *adj.* 1. Having the power to draw any thing: tarruingeach, sùghach. 2. inviting, alluring, enticing: tàlaidheach, mealltach, buaireanta.

ATTRACTIVE, *s.* Tàladh, mealladh.

ATTRACTIVELY, *adv.* See Attractive, *adj.*

ATTRACTIVENESS, *s.* Cumhachd-tarruing, comas-tàlaidh, taitneachd, mealltachd.

ATTRACTOR, *s.* Fear-tarruing, fear-tàlaidh, sùghadair.

ATTRAHENT, *s.* Fear-tarruing, fear-tàlaidh, sùghadair.

ATTRAP, *v. a.* Aodaich, sgeadaich.

ATTRIBUTABLE, *adj.* Buintinneach, so-chur as leth.

ATTRIBUTE, *v. a.* 1. Ascribe, give, yield as due: cuir as leth, thoir a chòir do, thoir seachad mar is cubhaidh. 2. impute as to a cause: cuir as leth, cuir air.

ATTRIBUTE, *s.* 1. The thing attributed to another, as perfection to the Supreme Being: feart, buaidh. 2. quality, characteristic disposition: buaidh. 3. reputation, honour: cliù, onoir, subhailc.

ATTRIBUTION, *s.* Moladh, buaidh-chliù.

ATTRIBUTIVE, *s.* A chuireas as leth, co-phàirteachail.

ATTRITE, *adj.* 1. Ground, worn by rubbing: meilte, suaithte, mìnichte. 2. (with divines) sorry: duilich, cràiteach.

ATTRITENESS, *s.* Cnámh, mìn-shuathadh, bleith.

ATTRITION, *s.* 1. The act of wearing things by rubbing one against another: caitheamh, rubadh, bleith, mìn-shuathadh. 2. the state of being worn: caitheamh, cnàmh. 3. (with divines) grief for sin: duilichin, an-shocair inntinn.

ATTUNE, *v. a.* 1. Make any thing musical: gleus, cuir am fonn. 2. tune one thing to another: co-fhuaimnich, cuir an co-fhreagarrachd fuinn.

ATWEEN, *adv.* or *prep.* The same with *between*, which see.

ATWIXT, *prep.* See Betwixt.

AVAIL, *v. a.* 1. Profit, turn to profit: buannaich, coisinn, tionndaidh gu buannachd. 2. promote, prosper, assist: dean feum, dean tairbhe, cuidich.

AVAIL, *v. n.* Dean feum, dean tairbhe, dean stà, buannaich.

AVAILABLE, *adj.* 1. Profitable, advantageous: buannachdail, tarbhach, feumail. 2. powerful: cumhachdach, comasach, làidir.

AVAILABLENESS, *s.* 1. Power of promoting the end for which it is used: cumhachd, comasachd, tarbhachd, buannachd. 2. legal force, validity: neart laghail, cumhachd.

AVAILABLY, *adv.* See Available, *adj.*

AVAILMENT, *s.* Feumalachd, tarbhachd, buannachd.

AVALE, *v. a.* Leag a sìos, ìslich, cuir fuidhe.

AVANT-COURIER, *s.* Roimh-ruith-fhear.

AVARICE, *s.* Sannt, déigh air tòichd, spìocaireachd.

AVARICIOUS, *adj.* Sanntach, déigheil air tòichd, mìothar, spìocach.

AVARICIOUSLY, *adv.* See Avaricious.

AVARICIOUSNESS, *s.* Sanntachd, mìothaireachd, spìocaireachd.

AVAROUS, *adj.* See Avaricious.

AVAST, *adv.* Cum air do làimh, gu leòr, stad.

AVAUNT, *v. a.* et *n.* Dean spagluinn, bi spleaghach.

AVAUNT, AVAUNTANCE, AVAUNTRY, *s.* Spagluinn, spleaghaireachd, glagaireachd.

AVAUNT, *interj.* As mo shealladh! air falbh! air falbh! bi trusadh romhad! cum agad fein!

AUBURN, *adj.* Buidhe-dhonn.

AUCTION, *s.* 1. A manner of sale in which one person bids after another, till so much is bid as the seller is content to take: reic do 'n neach a 's àirde thairgeas, reic cho-thairgseach. 2. the thing sold by auction: bathar na reic-cho-thairgseich.

AUCTION, *v. a.* Reic le co-thairgseachaibh.

AUCTIONEER, *s.* Fear-reic co-thairgseach.

AUCUPATION, *s.* Eunadaireachd, glacadh eun, sealgaireachd.

AUDACIOUS, *adj.* 1. Bold, impudent: dàna, làdarna, mi-mhodhail. 2. that which makes bold: beagnarach, beadaidh. 3. spirited, without impudence, not timorous: tapaidh, gleusta, beothail.

AUDACIOUSLY, *adv.* See Audacious, *adj.*

AUDACIOUSNESS, *s.* Dànachd, làdarnas.

AUDACITY, *s.* Tapachd, smioralachd, misneachd.

AUDIBLE, *adj.* 1. That which may be perceived by hearing: so-chluinntinn, labhrach, àrd-ghuthach. 2. loud enough to be heard: so-chlùinntinn.

AUDIBLENESS, *s.* Oscarachd, labhrachd.

AUDIBLY, *adv.* See Audible, *adj.*

AUDIENCE, *s.* 1. The act of hearing, or attending to any thing: éisdeachd. 2. the liberty of speaking granted, a hearing: éisdeachd, cead-labhairt. 3. an auditory: luchd-éisdeachd, coimh-thional. 4. the reception of any man who delivers a solemn message: éisdeachd, cluas-aire.

AUDIENCE-CHAMBER, *s.* Seòmar-èisdeachd.

AUDIENT, *s.* Fear-éisdeachd, fear-cluinntinn, cluinntear.

AUDITOR, *s.* Cluinntear, fear-éisdeachd, fear-cluinntinn.

AUDITORY, *s.* 1. An audience, a collection of persons assembled to hear: luchd-éisdeachd, coimh-thional. 2. a place where lectures are to be heard: ionad-éisdeachd.

AVEL, *v. a.* Tarruing air falbh, spiol air falbh, spìon as.

AVE-MARY, *s.* Fàilte Mhuire.

AVENGE, *v. a.* 1. Revenge: dìol, dean dioghaltas. 2. punish: dean peanas, dìol, thoir gu peanas.

AVENGE, *s.* Dioghaltas, aicheamhail, peanas.

AVENGEANCE, *s.* Dioghaltas, peanas.

AVENGEMENT, *s.* Dioghaltas, dìoladh aicheamhail.

AVENGER, *s.* 1. Punisher: fear-peanais. 2. revenger, take of vengeance for: fear dìolaidh, dioghaltair.

AVENGERESS, *s.* Ban-dioghaltair.

AVENTURE, *s.* Tuiteamas, sgiorradh.

AVENUE, *s.* 1. A way by which any place may be entered: rathad, slighe fhosgailte. 2. an alley, or walk of trees before a house: sràid eadar chraobhan.

AVER, *v. a.* Cuir an céill gu daingean, abair gu barantach.

AVERAGE, *s.* Eadar dhà anabharra, coitchiontas, cuibheasachd.

AVERMENT, *s.* 1. Establishment of any thing by evidence: dearbhadh le fianuis. 2. simply affirmation: aithris, briathar, focal cinnteach.

AVERSATION, *s.* Fuath, gràin.

AVERSE, *adj.* 1. Malign, not favourable: fuathach, air tionndadh air falbh, neo-chaoimhneil. 2. not pleased with, unwilling to: neo-thoilichte le, gràinichte dheth.

AVERSELY, *adv.* See Averse, *adj.*

AVERSENESS, *s.* 1. Unwillingness: aindeoineachd, miothlachd, fuathachd. 2. with, *from*, to, before the object of his dislike: aindeoineachd mu, miothlachd ri.

AVERSION, *s.* 1. Hatred, dislike: fuath, gràin. 2. the cause of aversion: culaidh-ghràin, culaidh-fhuath. 3. conversion, or change: tionndadh air falbh, mùthadh.

AVERT, *v. a.* 1. Turn aside, turn off: tionndaidh gu taobh, cuir seachad, cum air falbh. 2. cause to dislike: tionndaidh air falbh, pill uaith. 3. put by as a calamity: cuir seachad, cum air falbh.

AUF, *s.* Baothair, amadan, ùmaidh.

AUGER, *s.* Tora, boireal.

AUGHT, *pron.* Ni sam bith, dad.

AUGMENT, *v. a.* et *n.* Meudaich, dean ni 's mò.

AUGMENT, *s.* 1. Increase: meudachadh, cinneachadh, piseach. 2. the state of increase: meudachadh, cinneacadh.

AUGMENTATION, *s.* 1. The act of increasing, or making bigger: meudachadh, cinneachadh. 2. the thing added, by which another is made bigger: meudachadh, piseach. 3. the state of being made bigger: meudachadh, cinneachadh.

AUGMENTATIVE, *adj.* A mheudaicheas, piseachail.

AUGMENTER, *s.* Fear-meudachaidh.

AUGRE, *s.* See Auger.

AUGRE-HOLE, *s.* Toll toradh.

AUGUR, *s.* Fiosaiche, eun-dhruidh.

AUGUR, *v. n.* Baralaich, thoir breith le comharaibh, dean fiosachd.
AUGURATION, *s.* Fiosachd le comharaibh, eun-dhruidheachd.
AUGURER, *s.* See Augur, *s.*
AUGURY, *s.* 1. The act of prognosticating by omens, or prodigies: fiosachd le comharaibh. 2. an omen, or prediction: fiosachd.
AUGUST, *s.* Ceud mhìos an Fhoghair.
AUGUST, *adj.* Mòr, urramach, rioghail, flathail.
AUGUSTNESS, *s.* Mòralachd, flathaileachd rioghalachd.
AVIARY, *s.* Tigh-eun, eun-lann.
AVIDIOUSLY, *adv.* Gu gionach, gu sanntach.
AVIDITY, *s.* Gionachd, glamhaireachd.
AVIZE, } *s.* Comhairle, fios, rabhadh.
AVISO, }
AVISEMENT, *s.* Comhairle, seòladh.
AVITOUS, *adj.* Sinnsireach, a dh'fhàgadh le sinnsireachd.
AVIZE, *v. a.* 1. Counsel: thoir comhairle, comhairlich, seòl. 2. Consider, examine: thoir fainear, smuainich.
AUKWARD, *s.* See Awkward.
AULARIAN, *s.* Fear-talla.
AULD, *adj.* Sean.
AULIC, *adj.* A bhuineas do'n chùirt, cùirteil, cùirteach, rioghail, flathail.
AULN, *s.* Slat-thomhais.
AUMBRY, *s.* See Ambry.
AUNT, *s.* Piuthar athar, no, piuthar màthar.
AVOCATE, *v. a.* Gairm o ghnothach, gairm air falbh.
AVOCATION, *s.* 1. The act of calling aside: guth a thaobh, gairm a leth-taobh. 2. the business that calls: gnothuch, leth-obair.
AVOID, *v. a.* et *n.* 1. Shun, decline: seachain, pill uaith. 2. escape: seachain, rach as, tionndaidh air falbh. 3. endeavour to shun: feuch ri dol as an rathad, seachain. 4. evacuate, quit: fàg, falbh uaith. 5. emit, throw out: tilg uat, cuir a mach. 6. oppose, hinder effect: cum bacadh, cum air ais. 7. retire: rach a thaobh. 8. become void, or vacant: dean falamh.
AVOIDABLE, *adj.* 1. That which may be avoided: so-sheachanta, ion-sheachnach. 2. liable to be vacated, or annulled: buailteach ri bhi falamh.
AVOIDANCE, *s.* 1. The act of avoiding: seachnadh, dol as an rathad. 2. the course by which any thing is carried off: rathad-seachnaidh, slighe thaoibh. 3. the act, or state of becoming vacant: falamhachd. 4. the act of annulling: dìtheachadh, dubhadh a mach.
AVOIDER, *s.* 1. The person that avoids, or shuns any thing: fear-seachnaidh, seachnair. 2. the person that carries any thing away: fear-giùlain as an rathad, fear-toirt a thaobh. 3. the vessel in which any thing is carried away: soitheach-giùlain.
AVOIDLESS, *adj.* Neo-sheachnach.
AVOKE, *v. a.* Gairm air ais.
AVOLATION, *s.* Itealachadh, fuadach, ruith air falbh, teicheadh.
AVOUCH, *v. a.* 1. Affirm, maintain, declare peremptorily: abair gu daingean, cuir an céill gu dian, thoir dearbhadh. 2. produce in favour of another: thoir fianuis. 3. vindicate, justify: dion, fireanaich, seas a chòir.
AVOUCH, *s.* Aideachadh, fianuis, teisteas.
AVOUCHABLE, *adj.* A dh'fhaodar aideachadh, no chur an céill.
AVOUCHER, *s.* Fear-cuir an céill, fear-aideachaidh, fianuis.
AVOUCHMENT, *s.* Cur an céill, aithris.
AVOW, *v. a.* Cuir an céill gu daingean, thoir dearbhadh, fireanaich.
AVOWABLE, *adj.* A dh'fhaodar a nochdadh, so-aithriseach.
AVOWAL, *s.* Aideachadh fosgailte, saor chur an céill.
AVOWEDLY, *adv.* Gu soilleir, gu saor.
AVOWER, *s.* Fear-aideachaidh, fear fireanachaidh.
AVOWTRY, *s.* Adhaltrannas.
AUREAT, *adj.* Dearg, òir-dhearg.
AURICLE, *s.* 1. The external ear: bilean na cluaise. 2. two appendages of the heart: cluasan a' chridhe.
AURICULAR, *adj.* 1. Within the sense, or reach of hearing: teann air a' chluais, dlùth do 'n chluais. 2. secret, told in the ear: dìomhair, cagarach. 3. traditional: aithriseach le cluinntinn cluaise.
AURICULARLY, *adv.* Gu dìomhaireach.
AURIGATION, *s.* Carbadachd, marcachd an carbad.
AURIST, *s.* Olla chluas, léigh-chluas.
AURORA, *s.* 1. A species of crowfoot: luibh chro an eich. 2. the goddess that opens the gates of day: òg-mhaduinn, reul na maidne.
AURORA-BOREALIS, *s.* Na fir-chlis.
AUSCULTATION, *s.* Éisdeachd, cluas aire.
AUSPICATE, *v. a.* 1. Foreshow: innis roimh làimh. 2. begin a business: tòisich gnothuch.
AUSPICE, *s.* 1. The omens of any future undertakings drawn from birds: eun-fhiosachd. 2. protection, favour shewn: dion, caoimhneas. 3. influence, good derived to others from the piety of their patron: piseach, dion, manadh. 4. persons that (anciently) handfasted the married couple, and wished them good luck: luchd-deadh ghuidhe, luchd-guidhe deadh bhuaidh.
AUSPICIAL, *adj.* See Auspicious.
AUSPICIOUS, *adj.* 1. Having omens of success: aig am bheil deagh mhanadh, air am bheil coltas sealbhachaidh. 2. prosperous, fortunate: sona, sealbhach, buadhach. 3. favourable, kind: àghmhor, caomh, ceanalta. 4. lucky, happy applied to things: sealbhmhor, sona, fortanach.
AUSPICIOUSLY, *adv.* See Auspicious.
AUSPICIOUSNESS, *s.* Sealbhmhorachd, àghmhorachd, sonas.
AUSTERE, *adj.* 1. Severe, harsh: teann, gnù, cruaidh, bodachail. 2. sour of taste: searbh, geur.
AUSTERELY, *adv.* See Austere.
AUSTERENESS, *s.* 1. Severity, strictness, rigour: teannachd, cruas, smachdachd. 2. roughness in taste: searbhachd, geurachd.
AUSTERITY, *s.* 1. Severity, mortified life, strictness: teanntachd, gruamachd. 2. cruelty, harsh discipline: an-iochd, cruaidh smachd.

AUSTRAL, *adj.* A deas, 's an àirde deas, deiseal.
AUSTRINE, *adj.* A deas, deiseal, deisearach.
AUTHENTICAL, *adj.* Fior, cinnteach, ùghdarail.
AUTHENTICALLY, *adv.* See Authentical.
AUTHENTICALNESS, *s.* Ùghdarrachd, cinnteachd, neo-thruailleachd, dearbhachd le ùghdarras.
AUTHENTICATE, *v. a.* Dearbh le ùghdarras.
AUTHENTICITY, *v. a.* Cinnteachd, ùghdarras, glan bhriathar an ùghdair.
AUTHENTIC, *adj.* See Authentical, *adj.*
AUTHENTICALLY, *adv.* See Authentical.
AUTHOR, *s.* 1. The first beginner, or mover of any thing: ùghdair, urrainn. 2. the efficient, he that effects, or produces any thing: ùghdair, athair. 3. the first writer of any thing distinct from the translator, or compiler: ùghdair, fear-dèanaimh. 4. a writer in general: sgrìobhair, sgrìobhadair.
AUTHORESS, *s.* Ban-ùghdair.
AUTHORITATIVE, *adj.* 1. Having due authority: ùghdarrach, aig ain bheil ùghdarras. 2. having an air of authority: smachdail, ceannasach.
AUTHORITATIVELY, *adv.* See Authoritative.
AUTHORITATIVENESS, *s.* Ceannsalachd, smachd.
AUTHORITY, *s.* 1. Legal power: ùghdarras. 2. influence, credit: cumhachd, creideas. 3. power, rule: cumhachd, riaghladh, ùghdarras. 4. support, justification: ùghdarras, dìon, taic. 5. testimony: ùghdarras, teisteas. 6. weight of testimony: dearbhachd, cinnteachd.
AUTHORIZATION, *s.* Suidheachadh air teisteas ùghdair.
AUTHORIZE, *v. a.* 1. Give authority to any person: thoir ùghdarras do, thoir cumhachd do. 2. make any thing legal: dean laghail, ceadaich. 3. establish by authority: suidhich le ùghdarras. 4. justify, prove a thing to be right: fìreanaich, dearbh. 5. give credit to any person, or thing: creid ùghdarras, thoir creideas do.
AUTHORLESS, *adj.* Neo-ùghdarrach.
AUTHORSHIP, *s.* Dreuchd ùghdair.
AUTOCRASY, *s.* Uachdranachd, féin-fhlaitheachd, cumhachd iomlan ann féin.
AUTOCRATICAL, AUTOCRATORICAL, *adj.* A bhuineas do dh'fhéin-fhlaitheachd, aig nach 'eil maighstir.
AUTOGRAPH, *s.* Dearbh lamh-sgrìobhaidh, lamh-sgrìobhaidh an neach féin.
AUTOMATICAL, *adj.* Féin-ghluasadach.
AUTOMATON, *s.* Dealbh féin-ghluasadach.
AUTOMATOUS, *adj.* See Automatical.
AUTONAMY, *s.* Caitheamh beatha féin-thoile.
AUTOPSY, *s.* Dearbhadh sùla.
AUTOPTICAL, *adj.* Le léirsinn shùl.
AUTOSCHEDIASTICAL, *adj.* Luath, neo-bhrìgh-mhor, neo-dheasaichte.
AUTUMN, *s.* Am foghar.
AUTUMNAL, *adj.* A bhuineas do'n fhoghar, foghar-ach.
AUTUMNITY, *s.* Àm an fhogharaidh.
AVULSED, *adj.* Spìonta air falbh, tarruingte as a fhreumhaibh.
AVULSION, *s.* Spìonadh, reubadh.

AUXESIS, *s.* Meudachadh, àrdachadh, cleachdadh focail laidir an seanachas.
AUXILIAR, AUXILIARY, *s.* Fear-cuideachaidh, fear-còmhnaidh.
AUXILIAR, AUXILIARY, *adj.* A chuidicheas, a chòmhnaicheas.
AUXILIATION, *s.* Cuideachadh, còmhnadh, cobhair.
AUXILIATORY, *adj.* A chuidicheas, a ni còmhnadh.
AWAIT, *v. a.* et *n.* See Wait.
AWAKE, *v. a.* et *n.* Rouse out of sleep: dùisg, mosgail, éirich. 2. rise from any state, resembling sleep: éirich suas, dùisg. 3. put into new action: dùisg, thig beò. 4. rise from sleep: éirich á codal, dùisg.
AWAKE, *adj.* Fairichte, dùisgte.
AWAKEN, *v. a.* et *v. n.* See Awake.
AWAKENER, *s.* Fear-dùsgaidh.
AWAKENING, *s.* Dùsgadh, mosgladh.
AWARD, *v. a.* Buin a réir binne, thoir dìoladh a réir binne.
AWARD, *v. n.* Thoir breith, thoir binn.
AWARD, *s.* Breitheanas, binn.
AWARDER, *s.* Breitheamh.
AWARE, *adv.* Faicilleach, furachair.
AWARE, *v. n.* Bi air d'fhaicill, thoir fainear.
AWARN, *v. a.* Thoir an aire, bi faicilleach.
AWAY, *adv.* 1. In a state of absence: air falbh. 2. from any place or person: o, as an fhianuis. 3. let us go: air falbh sinn. 4. begone: trus air falbh. 5. out of one's hands: as mo làimh. 6. on the way: air an t-slighe, air an rathad. 7. away with: beir uat, tilg air falbh.
AWE, *s.* Eagal, urram.
AWE, *v. a.* Cuir eagal air, thoir urram do.
AWE-BAND, *s.* Sreang-chumail, culaidh-eagail.
AWE-STRUCK, *adj.* Buailte le h-eagal.
AWFUL, *adj.* 1. That which strikes awe, or fills with reverence: eagalach, a dhùisgeas urram. 2. worshipful: urramach. 3. struck with awe, timorous: buailte le h-eagal, gealtach.
AWFULLY, *adv.* 1. In a reverential manner: gu h-eagalach, gu h-urramach. 2. in a manner striking with awe: gu h-eagalach, gu gealtach.
AWFUL-EYED, *adj.* Aig am bheil suilean fiadhaich.
AWFULNESS, *s.* 1. The quality of striking with awe, solemnity: uamhasachd, eagalachd. 2. the state of being struck with awe: uamhas.
AWHILE, *adv.* Tacan, car tacain.
AWHIT, *adv.* Gun mhìr beag.
AWK, *adj.* Neònach, iongantach.
AWKWARD, *adj.* 1. Inelegant, unpolite: cearbach, neo-sgiobalt, slaodach, slaopach, neònach. 2. unready: neo-làmhchar, liobasta. 3. perverse, untoward: ceann-laidir, doirbh.
AWKWARDLY, *adv.* See Awkward.
AWKWARDNESS, *s.* Cearbachd, neo-chruinnealachd, slaodachd.
AWL, *s.* Minidh.
AWLESS, *adj.* 1. Wanting reverence: neo-urramach. 2. wanting the power of causing reverence: neo-urramach, neo-mheasail.

AWME, AUME, *s.* Leth-bharail.
AWN, *s.* Feusag-arbhair.
AWNING, *s.* 1. A cover spread over a boat or vessel to keep off the weather: brat-dìona. 2. covering to defend those who sit under it from the rays of the sun: sgàilean, brat-duthair.
AWOKE. See Awake.
AWORK, *adv.* Aig obair.
AWORKING, *adj.* Aig oibreachadh.
AWRY, *adv.* 1. Not in a straight direction: cam, neo-dhìreach. 2. asquint, with oblique vision: claon, fiar-shuileach. 3. not in the right or true direction: gu neo-dhìreach, as an rathad dhìreach. 4. not equally, between two points, unevenly: a leth-taobh. 5. not according to right reason, perversely: claon, neo cheart.
AXE, *s.* Tuadh. (Lochaber axe), pic mheallach.
AXHEAD, *s.* Ceann tuaidhe.
AXILLA, *s.* Lag na h-achlais, asgail.
AXILLAR, AXILLARY, *adj.* Asgaileach, a bhuineas do lag na h-achlais.
AXIOM, *s.* 1. A proposition evident at first sight: fìrinn shoilleir, fìrinn so-fhaicsinneach. 2. an established principle to be granted without new proof: fìrinn shuidhichte.
AXIOMATICAL, *adj.* A bhuineas do dh' fhìrinn shuidhichte.
AXIS, *s.* Aisil.
AXLE, AXLE-TREE, *s.* Aisil, mul, crann-aisil.
AY, *adv.* 1. Yes: seadh, is e. 2. yes certainly: seadh gu dearbh, is e gu cinnteach.
AYE, *adv.* An còmhnuidh, gu bràth, sìorruidh, am feasd.
AYRY, *s.* Nead an t-seabhaig.
AZURE, *adj.* Gorm, air dhath a' chuain.
AZURE, *v. a.* Dean gorm, mar uisg a' chuain.
AZURED, *adj.* Gorm.
AZURN, *adj.* Speur-ghorm.
AZYME, *s.* Aran neo-ghoirtichte.

BAC

BAA, *s.* Mèilich, mèile nan caorach.
BAA, *v. n.* Dean mèilich mar chaora.
BAAL, *s.* Beil, dia bréige, iodhol.
BABBLE, *v. n.* 1. Prattle like a child: dean gobaireachd, dean boilisg. 2. talk idly, or irrationally: dean goileam. 3. talk thoughtlessly, tell secrets: bi beul-fhosgailte, sgaoil. 4. talk much: sìr-labhair, dean bruidhean gun sgur.
BABBLE, *s.* Gobais, gobaireachd, faoin-chòmhradh, glag, glagaireachd.
BABBLEMENT, *s.* Faoin-chainnteachd, bith-chainnt.
BABBLER, *s.* Fear-faoin-chainnt, fear-bruidhne, beul gun fhàitheam, glagair.
BABBLING, *s.* Faoin-chainnt, glagaireachd, gobaireachd.
BABE, *s.* Naoidhean, naoidheachan, leanabh beag, leanaban.
BABEL, *s.* 1. Name of a place: Babel. 2. disorder, tumult, irregular mixture: buaireas, conghair, mi-rìaghailt.
BABERY, *s.* Breugachan, déideag, àilleagan.
BABISH, *adj.* Leanabaidh, leanbanta, leanabail.
BABOON, *s.* Apa.
BABY, *s.* 1. A child, an infant: naoidhean, naoidheachan. 2. a small image in imitation of a child: leanabh-liùth, leanabh-liùthaig.
BABY, *adj.* Like a baby, diminutive, small: leanabaidh, meanbh, beag.

BAC

BABY, *v. a.* Breug.
BABYISH, *adj.* See Babish.
BABYISM, *s.* Leanabanachd, leanabalachd, faoineas.
BABYLONICAL, *adj.* Buaireasach, conghaireach, mi-rìaghailteach.
BACCATED, *adj.* Dearcagach, dearcach, cluigeanach.
BACCHANAL, *adj.* Misgeach, geòcach, neo-mheasarra.
BACCHANAL, *s.* Misgear, fear-daoruich.
BACCHANALIAN, *s.* Misgear, misgear tuaireapach, fear-daoraich.
BACCHANALIAN, *adj.* Misgeach, geòcach, neo-mheasarra.
BACCHANALS, *s.* Fleadh mhisgeach, meisge, coisir mhisgear.
BACCIFEROUS, *adj.* Dearcagach, dearcach, a ghiùlaineas dearcagan, no bagaidean dhearcag.
BACCHANT, BACCHANTE, *adj.* Misgeach, sìor-mhisgeach.
BACCHIC, BACCHICAL, *adj.* See Bacchanalian.
BACCIFEROUS, *adj.* A dh'itheas dearcagan, a thig beò air dearcagan.
BACHELOR, *s.* Seana-ghille, bodach-fleasgaich, bodachan-fleasgaich, fear gun bhean.
BACHELORSHIP, *s.* Sean-ghilleachd, sean-fhleasgachas.
BACK, *s.* 1. The hinder part of the body: cùl, cùl-

thaobh, cùlaobh. 2. the outer part of the hand when shut: cùl an dùirn. 3. the outward part of the body, that which requires clothes, opposed to belly: druim, croit. 4. the rear, opposed to the van: cùlaobh, deireadh, cùl. 5. the place behind: cùl, cùlaobh. 6. the part of any thing out of sight: cùl. 7. the thick part of any tool: cùl, cùlaobh. 8. a large vessel used by brewers. See Vat. Turn the back, go away: cuir cùl ri, falbh. Take on your back: gabh air do dhruim, gabh air do mhuin. Behind you: air do chùl.

BACK, *adv.* 1. To the place from which one came: air ais. 2. backward: air ais, an coinneamh a chùil. 3. behind, not coming forward: air ais, air deireadh. 4. towards things past: air ais. 5. again, in return: air ais, a rìs. 6. again, a second time: a rìs, air ais.

BACK, *v. a.* 1. Mount on the back of a horse: theirig air muin, suidh air, marcaich. 2. break a horse, train him to bear upon his back: cionnsaich, bris. 3. place upon the back: cuir air muin, tog air muin. 4. maintain, strengthen, support, defend: seas, cuir le, dìon, tagair, neartaich, cum taic ri, dean taic ri, cuidich, cuidich le. 5. justify, support: dìon, mol, seas. 6. second: cuir leis, cuir le.

BACKBITE, *v. a.* Cùl-chàin, tog tuaileas air.

BACKBITER, *s.* Fear cùl-chàinidh, fear-tuaileis.

BACKBITING, *s.* Cùl-chàineadh, tuaileas.

BACKBITINGLY, *adv.* Gu cùl-chàineach, gu tuaileasach.

BACK-BONE, *s.* Cnàimh-an-droma, cnàimh-droma.

BACKDOOR, *s.* Dorus cùil.

BACKED, *adj.* Aig am bheil druim, dromanach, dronagach.

BACKFRIEND, *s.* Mealltair, feall-charaid.

BACKGAMMON, *s.* Tàileasg, cluich-thàileasg.

BACKHOUSE, *s.* Tigh-cùil, cùl-tigh.

BACKPIECE, *s.* Cùl-armachd, éideadh-droma.

BACKROOM, *s.* Seòmar-cùil, cùl-sheòmar.

BACKSET, *adj.* Cùl-bhuailte, cùl-chuairtichte.

BACKSIDE, *s.* 1. Hinder part of any thing: leth-deiridh, taobh-cùil, cùlaobh. 2. the hind part of an animal: leth-deiridh. 3. the yard, or ground behind a house: gàradh-cùil, clobhsa-cùil. 4. (of the body): tòn, leth-deiridh.

BACKSLIDE, *v. n.* Cùl-sleamhnaich, tuit air t' ais.

BACKSLIDER, *s.* Fear-cùl-sleamnachaidh, cùl-shleamhnuiche.

BACKSLIDING, *s.* Cùl-sleamhnachadh, tuiteam air ais.

BACKSTAIRS, *s.* Cùl-staidhir, frith-staidhir.

BACKSTAY, *s.* Stadh-cùil, bàll-chùl-aodaich.

BACKSWORD, *s.* Claidheamh-cùil, claidheamh aoin fhaobhair.

BACKWARD, } *adv.* 1. With the back forwards:
BACKWARDS, } an coinneamh a chùil. 2. towards the back: an coinneamh a' chùil, gu chùl, gu cùl. 3. on the back: air muin, air druim. 4. from the present station to the place beyond the back: air ais, an comhair a chùil, gu cùl, thar a' chùl. 5. regressively: air ais. 6. towards something past: air ais. 7. reflexively: air féin, air ais air féin, air ais. 8. from a better to a worse state: air ais, am measad, an donad. 9. past, in time past: seach, an àm a chaidh seachad. 10. perversely: air mhearachd.

BACKWARD, *adj.* 1. Unwillingly, averse: neo-thoileach, aindeonach, aindeonach air. 2. hesitating: teagamhach, a' cur an agadh, a chuireas an aghaidh, agail. 3. sluggish, dilatory: màirnealach, mall, leasg, trom. 4. dull, not quick or apprehensive: trom, trom-thuigseach, trom-cheannach. 5. late, coming after something else: deireannach, air dheireadh.

BACKWARD, *s. (poet.)* An àm o shean, an àm a thréig.

BACKWARDLY, *adv.* See Backward, *adj.*

BACKWARDNESS, *s.* 1. Unwillingness: neo-thoil, aindeoin. 2. hesitation: ag, agadh, agalachd. 3. sluggishness: màirnealachd, moille, leisgeachd. 4. dulness: truimeadas, trom-cheannachd. 5. lateness: deireannachd. 6. slowness of progression, tardiness: maille, fadalachd.

BACKWOUND, *v. a.* Cùl-lot, cùl-bhuail.

BACON, *s.* 1. Flesh of a hog salted and dried: muic-fheoil chrochta, muic-fheoil-chruaidh-shaillte, muic-fheoil-thiormaichte. 2. the animal itself: muc, torc. 3. save the bacon: bi air t' fhaicill, thoir aire dhuit féin.

BACULOMETRY, *s.* Seòl tomhais le maide, no le bataibh.

BAD, *adj.* 1. Ill, not good, in a general sense: olc, dona, droch. 2. vicious, corrupt: aingidh, coirbte, dona, crosda, olc. 3. unfortunate, unhappy: bochd, àmhgharach, truagh, gann-fhortanach. 4. hurtful, unwholesome, pernicious, mischievous: cronail, ciùrtach, ciùrrail, mi-fhallain, neo-fhallain, sgriosail. 5. sick: tinn, euslan.

BAD, } *pret.* of Bid. Dh'iarr. Bade for: thairg.
BADE, }

BADGE, *s.* 1. A mark, or cognizance to shew the relation of the wearer, to any person or thing: suaicheantas. 2. a token by which one is known: comharra. 3. mark, or token of any thing: comharra, coltas, dreach, cumachd.

BADGE, *v. a.* 1. Mark, as with a badge: comharraich, comharraich mar le suaicheantas. 2. mark actually with a badge: cuir suaicheantas air, càraich suaicheantas ri.

BADGELESS, *adj.* Gun suaicheantas.

BADGER, *s.* Broc, srianach.

BADGER, *v. a.* Gràinich, dubh-ghràinich, le gnothuchaibh neo-thaitneach, cuir gràin air.

BADGER, *s.* Ceannaiche sìl, no bìdh.

BADGER-LEGGED, *adj.* Stàbhach.

BADINAGE, } *s.* Faoineas, faoin-chainnt, àbhachdas,
BADINERIE, } àbhachd.

BADLY, *adj.* See Bad.

BADNESS, *s.* Olcas, donadas, aingidheachd, coirbteachd. See Bad.

BAFFLE, *v. a.* et *n.* 1. Elude, make ineffectual: fairtlich air, rach as o, seachainn, cuir an neo-bhrìgh, mill. 2. confound, defeat with some confusion: fairtlich air, faigh làmh an uchdar air,

thoir an car á. 3. disgrace, insult, mock: maslaich, tàmailtich, dean fanoid air, dean sgeig air. 4. practise deceit: meall, dean mealladh air.

BAFFLE, *s.* Ceannsachadh, teicheadh, ruaig.

BAG, *s.* 1. A sack or pouch, to put any thing in: poca, balg, sac, pocan, màla, màileid, pòca. 2. that part of animals in which some particular juice is contained, as the poison of vipers: balg, balgan. 3. a purse tied to men's hair: sporan fuilt, paidirean fuilt. 4. a term signifying a certain quantity of some commodities: poca, sac.

BAG, *v. a.* et *n.* 1. Put into a bag: cuir am poc, cuir 's a' phoc. 2. load with a bag: sacaich, cuir sac air. 3. swell like a full bag: pocaich, balgaich, at. 4. *vulg.* pilfer, embezzle: goid, gabh gu foluichte.

BAGATELLE, *s.* Faoineas, faoin ni, ni gun luach.

BAGGAGE, *s.* 1. Furniture and utensils of an army: àirneis, àirneis feachd. 2. the goods that are to be carried away: àirneis, imrich. 3. a worthless woman: caile, dubh-chaile. 4. a pert young woman, a flirt, *in joke*: gogag. 5. refuse, lumber, trumpery: treallaich, diùbhaidh.

BAGNIO, *s.* Tigh-faircidh, tigh-falluis, àite-nighe.

BAGPIPE, *s.* Pìob mhòr.

BAGPIPER, *s.* Pìobair.

BAGPIPING, *s.* Pìobaireachd.

BAIL, *s.* 1. (in law) a setting at liberty under security for re-appearance: saorsa, no fuasgladh air urras. 2. a surety, a bondsman, one who gives security: fear-urrais, urras. 3. a certain limit in a forest: crìoch-frìdhe.

BAIL, *v. a.* 1. Give bail for another: urrasaich, rach an urras air, thoir urras. 2. admit to bail, fuasgail air urras.

BAILIF, } 1. A subordinate officer: bàillidh, maor,
BAILIFF, } oifigeach, no fear-riaghlaidh fuidh ùghdarras. 2. an officer, whose business is to execute arrests: maor, maor-glacaidh, maor-sàraidh. 3. an under steward of a manor: maor-fearainn.

BAILIEWICK, *s.* Bàillidhneachd, ionad-bàillidhneachd.

BAILMENT, *s.* Ath-aisig gill, no ni bheirear an geall.

BAILY, *s.* Bàillidh. See Bailiff, 1.

BAIN, *s.* See Bagnio.

BAIN, *v. a.* See Bathe.

BAIRN, }
BARN, } *s.* See Bearn.

BAIT, *v. a.* et *n.* 1. Put meat upon a hook: cuir maghar air dubhan. 2. feed, give meat to: biadh, gabh biadh, thoir biadh do. 3. attack with violence: sàth ann, thoir ruathar air, thoir ionnsuidh air. 4. harass by the help of others: sàruich, treachail, sàr-sgìthich, mar bheathach 's an stuigear coin. 5. stop at any place for refreshment: dean stad, stad chum bìdh.

BAIT, *s.* 1. Meat set to allure: maghar, biadhmeallaidh. 2. a temptation: buaireadh, culaidhbhuairidh, mealladh. 3. a refreshment on a journey: lòn, biadh-turais.

BAIZE, *s.* Aodach garbh àraidh, garbh-chlò fosgailte.

BAKE, *v. a.* et *n.* 1. Heat any thing in a close place: teògh, bruich. 2. harden in the fire: fuin, cruadhaich ri teine. 3. harden with heat: cruadhaich le teas. 4. do the work of baking: fuin, taosainn. 5. be heated, or baked: cruadhaich le teas.

BAKE-HOUSE, *s.* Tigh-fuinidh, tigh-fuineadaireachd.

BAKEN, *part.* Fuinte, cruadhaichte le teas.

BAKER, *s.* Fuineadair.

BAKER-FOOT, *s.* Cas-cham, biod-chas, pliutaiche, cas phliutach.

BALANCE, *s.* 1. A pair of scales: meidh, toimhsean. 2. in a metaphorical sense, or the mind employed in comparing one thing with another: dlùth-bheachd. 3. act of comparing two things: co-chothromachadh, coimeas. 4 the overplus of weight: barrachd cudthroim, no tomhais. 5. that which is wanting to make two parts of an account even: barrachd, diùbhras. 6. equipoise: co-chothrom, ionannachd-cothroim. 7. the beating part of a watch: claban uaireadair.

BALANCE, *v. a.* et *n.* 1. Weigh in a balance: tomhais le meidh, cothromaich, co-chothromaich. 2. regulate the weight in a balance, keep in just proportion: cum suas an co-chothrom, cum air mheidh. 3. counterpoise, counteract: coinnich, bac, co-chothromaich. 4. regulate an account, by stating it on both sides: socruich, socruich cunntas. 5. pay that which is wanting to make the sides of an account equal: dìol am barrachd. 6. hesitate, fluctuate between equal motives: ag, bi eadar dha chomhairle, iom-smuainich.

BALANCER, *s.* Meidheadair, fear-tomhais.

BALANCING, *s.* Cothromachadh, meidheadh.

BALBUCINATE, *v. n.* Labhair gu liodach, gu manntach.

BALBUTIATE, *v. n.* See Balbucinate.

BALCONY, *s.* For-uinneag.

BALD, *adj.* 1. Wanting hair: maol, sgailceach, lom, gun fhalt. 2. without natural covering: lom, rùisgte. 3. without the usual covering: rùisgte. 4. unadorned, inelegant: lom, neo-ghrinn, gun ghrinneas. 5. mean, naked, without dignity, without value, bare: neo-inbheach, suarach, gun mheas, mi-fhlathail.

BALDERDASH, *s.* Treamsgal, goileam, gloirmeas, earraghloir, baoth-chainnt.

BALDERDASH, *v. a.* Coimeasg deochan, dean treamsgal.

BALDLY, *adv.* See Bald, 5.

BALDNESS, *s.* 1. Want of hair: maoile, sgailc. 2. meanness of writing, inelegance: neo-ghrinneas sgrìobhaidh, maol-labhartas.

BALDPATE, *s.* Ceann maol, maol-cheann.

BALDPATE, *adj.* Maol-cheannach, sgailc-cheannach.

BALDRICK, *s.* 1. A girdle: crios. 2. the zodiack: a' ghrian-chrios.

BALE, *s.* 1. A parcel of goods packed for carriage: bàthair truiste, sac. 2. misery, calamity, mischief: truaighe, bròn, donas. 3. poison: puinnsean, nimh.

BALE, *v. n.* Trus, trus suas, ceangail.

BALE, *v. a.* Taom.

BALEFUL, *adj.* 1. Full of misery or grief, sorrowful, sad, woful: truagh, aimhleasach, brònach, àmhgharach, doghruinneach. 2. full of mischief, destructive, poisonous: donasach, doghruinneach, milleach, sgriosail, nimhneach.

BALEFULLY, *adv.* See Baleful.

BALISTER, *s.* Bogha tarsuinn.

BALK, *s.* 1. A great beam used in building: sail, spàrr. 2. a ridge of land left unploughed: balc, bailc, bàn-dhruim, eadar dà iomar. 3. a disappointment: amaladh, amladh, mealladh, dìobradh dòchais.

BALK, *v. a.* et *n.* 1. Disappoint, frustrate, elude: amail, dìobair, thoir an car á, faigh as o, seachainn. 2. miss any thing, leave untouched: seachainn, rach mearachd air, na amais. 3. omit, or refuse any thing: fàg, leig le, diùlt. 4. heap, as on a ridge: tòrr, càrn, cruach. 5. turn aside: tionndaidh, rach a thaobh. 6. deal in cross purposes, speak differently from the intention: labhair gu dà-sheadhach, labhair gu meallta.

BALL, *s.* 1. Any thing made in a round form: ball, peileir, ni cruinn air bith. 2. a round thing to play with: ball, ball-cluiche, no iomain. 3. a small ball by which votes are given: ball. 4. a globe, as the ball of the earth: cruinne. The globe, (the earth): an cruinne-cé. 5. any part of the body that approaches to roundness: meall. 6. an entertainment of dancing: dannsa, bannal-damhsa, iol-damhsa.

BALLAD, *s.* Duanag, òran, luinneag.

BALLAD, *v. a.* et *n.* 1. Make, or sing ballads: dean duanagan, òrain, no luinneagan. 2. write ballads: sgrìobh luinneagan.

BALLAD-MAKER, *s.* Fear-dèanaimh dhuanag, no luinneag.

BALLAD-MONGER, *s.* Fear-reicidh dhuanag, no luinneag.

BALLAD-SINGER, *s.* Fear sheinn dhuanag 's an t-sràid.

BALLAD-STYLE, *s.* Modh nan duanag.

BALLAD-WRITER, *s.* Fear-dèanaimh, no sgrìobhaidh dhuanag.

BALLADER, *s.* See Ballad-maker, and ballad-singer.

BALLADRY, *s.* Culaidh-dhuanaig, modh-duanaig.

BALLARAG, *v. a.* Bagair, thoir dùlan.

BALLAST, *s.* 1. Something put at the bottom of a ship or boat to keep it steady: balaist, cudthrom socruchaidh luinge no bàta. 2. that which is used to make any thing steady: cudthrom socruchaidh.

BALLAST, *v. a.* 1. Put weight at the bottom of a boat or ship to keep her steady: socruich bàta no long, 's an uisge le cudthrom 's an urlair, grunndluchdaich, cothromaich, còmhnardaich. 2. keep any thing steady: grunnd-luchdaich, cum suidhichte.

BALLATRY, *s.* Duanag, luinneag.

BALLISTER, *s.* See Baluster.

BALLON, BALLOON, *s.* 1. (in aerology) inneal dìridh is seòladh 's na speuraibh, bàta-speur. 2. (in architecture): pullag, punnag. 3. a sort of game: seòrsa cluiche.

BALLOT, *s.* 1. Ball, or ticket used in giving votes: crann, crannchur. 2. act of voting by ballot: tilgeadh chrann, taghadh le crannchur.

BALLOT, *v. a.* et *n.* 1. Choose by ballot: tagh le crannchur. 2. give votes by ballot: tilg crannchur air, tilg croinn air.

BALLOTATION, *s.* Toirt a mach chrann, taghadh le crannchur.

BALM, *s.* 1. The sap, or juice of a shrub: sùgh luidh àraidh, ìoc-shlaint. 2. any valuable, or fragrant ointment: ìoc-shlaint, ìoc-shlaint chùbhraidh. 3. any thing that sooths, or mitigates pain: ballan-lasachaidh, ballan-leighis.

BALM, *v. a.* 1. Anoint with balm, or with any thing medicinal: ung, cuir ìocshlaint rì, cuir ballan-ath-bheothachaidh air. 2. sooth, mitigate, assuage: maothaich, ciùinich, foisich.

BALMY, *adj.* 1. Having the qualities of balm, or producing balm: ìoc-shlainteach. 2. soothing, soft, mild: maoth, tlàth, mìn, ciùin. 3. fragrant, odoriferous: cùbhraidh, deadh-bholtrach. 4. mitigating, assuasive: maothachail, a chiùinicheas, a bheir lasachadh.

BALNEARY, *s.* Tigh-faircidh, seòmar-faircidh, àit-ionnlaid.

BALNEATION, *s.* Fairceadh, falcadh, ionnlad, nigheadh.

BALNEATORY, *adj.* Ionnladach, a bhuineas do thigh-ionnlaid.

BALSAM, *s.* Oladh-leighis, ic, ìoc-shlaint.

BALSAMIC, BALSAMICAL, *adj.* Leigheasail, ìoc-shlainteach.

BALUSTER, *s.* Post beag grinnichte mar a chuirear air taobh staidhre.

BALUSTRADE, *s.* Sreath phost ghrinnichte, mar a chuirear rì taobh staidhre.

BAMBOO, *s.* Cuilc Innseanach.

BAMBOOZLE, *v. a.* Meall, thoir tuairgneadh tuigse air, cuir cuilbheart air, sàruich a thuigse.

BAMBOOZLER, *s.* Mealltair, fear-tuairgnidh.

BAN, *s.* 1. Public notice given of any thing: gairm fhollaiseach, rabhadh fhollaiseach. 2. a curse, excommunication: mallachd, mallachadh, as-caoin, as-caoin-eaglais. 3. interdiction: bacadh, toirmeasg, seunadh.

BAN, *v. a.* et *n.* 1. Curse, execrate: malluich, thoir mallachd air. 2. curse: dean guidheachan.

BAND, *s.* 1. A tye, that by which one thing is joined to another: ceangal, bann. 2. a chain by which any animal is kept in restraint: ceangal, cuibhreach, slabhruidh. 3. any means of union or connexion between persons: ceangal, bann-daingneachaidh, ceangaltas. 4. something worn about the neck: stiom-bhràghaid, truis-bhràghaid. 5. any thing bound round another: ceangal, ceanglachan. 6. in architecture: bann. 7. a company of soldiers: buidheann. 8. a company of persons joined together, in any common design, or profession: buidheann, bannal, còisir, cuideachd.

BAND, *v. a.* et *n.* 1. Unite together into one body, or troop: ceangail, aonaich, cuir 'n am buidhnibh. 2. bind over with a band: ceangail, cuir ceangal

air. 3. drive away, banish: fuadaich, fògair, cuir air fògradh. 4. associate, unite: aonaich le, dean taobh ri, tarruing r' a chéile.

BANDAGE, *s.* Ceangal, ceanglachan, bann, stìom-cheangail.

BAND-BOX, *s.* Bòsdan pàipearach, bòsdan slisneanach.

BANDELET, *s.* Stìom-cheangail, ceanglachan.

BANDER, *s.* Fear-cuideachdais, companach, fear-comuinn.

BANDIT, *s.* Fògarrach, fear air chàrn.

BANDITTI, *s. pl.* Luchd-reubainn, luchd-creachaidh, spùinneadairean.

BANDITTO, *s.* Fear air chàrn, fear-reubainn, creachadair.

BANDOG, *s.* Cù mòr, madadh mòr, cù-shlabhruidh.

BANDOLEER, *s.* Adharcag bheag-fhùdair.

BANDORE, *s.* Inneal-chiùil thri-theudach.

BANDY, *s.* Caman.

BANDY, *v. a.* et *n.* 1. Beat to and fro, from one to another: tilg ńull 's a ńall, iomain air ais 's air aghairt, tilg chuige 's uaith. 2. exchange, give and take reciprocally: gabh is thoir, co-iomlaid, co-iomlaidich. 3. agitate, toss about: luaisg, iom-luaisg. 4. contend, strive as at some game: dean còmh-strith.

BANDYLEG, *s.* Cam-chos, cos cham, lùg-chos, cos lùgach.

BANDY-LEGGED, *adj.* Cam-chosach, lùgach.

BANE, *s.* 1. Poison: nimh. 2. that which destroys, mischief, ruin: aimhleas, sgrios, creach, donas.

BANE, *v. a.* See Poison, *v.*

BANEFUL, *adj.* 1. Poisonous: nimheil. 2. destructive: aimhleasach, sgriosail, millteach.

BANEWORT, *s.* Lus na h-oidhche.

BANG, *v. a.* 1. Beat, thump, cudgel: slacaich, dòrn, garbh-làmhsaich. 2. handle roughly, treat with violence: garbh-làimhsich.

BANG, *s.* Cnap, dòrn, garbh-bhuille, cnuacaid.

BANGLE, *v. a.* Caith as, caith a' chuid 's a' chuid.

BANISH, *v. a.* 1. Condemn to leave one's country: fuadaich á 'dhùthaich, cuir as an rìoghachd. 2. drive away: fògair, fuadaich, cuir air fògradh.

BANISHER, *s.* Fear-fògairt, fear-fògraidh.

BANISHMENT, *s.* Fògradh, fuadachadh, fògairt.

BANISTER, *s.* See Baluster.

BANK, *s.* 1. The earth arising on each side of a water: bruach, bruach-aimhne, bruach-uillt. 2. any heap piled up: tòrr, tom, dùn. 3. a seat or bench of rowers: tot, tot-iomraidh. 4. a place where money is laid up, or exchanged: tigh-tasgaidh airgid, tigh-malairt airgid. 5. the company of persons concerned in managing a bank: luchd-riaghlaidh tigh-malairt airgid, luchd-riaghlaidh tigh-tasgaidh airgid.

BANK, *v. a.* 1. Inclose with banks: tog bruach, cuir bruach ri, druid le bruachaibh. 2. put money in a bank: cuir airgiod an tigh-tasgaidh.

BANKER, *s.* Fear-malairt-airgid, fear-tigh-tasgaidh.

BANKRUPT, *adj.* Briste, an déigh làimh.

BANKRUPT, *s.* Dìth-fhear, fear-briste, duine-briste.

BANKRUPT, *v. a.* Bris, bris creideas.

BANKRUPTCY, *s.* Briseadh, briseadh creideis.

BANNER, *s.* Bratach, suaicheantas, meirghe.

BANNERED, *adj.* Bratachail, fuidh shuaicheantas, meirgheach.

BANNERET, *s.* 1. A knight made in the field: ridire-làrach. 2. a little banner: bratachag, bratach bheag.

BANNITION, *s.* Fògradh, fuadachadh.

BANNOCK, *s.* Bonach, breacag.

BANQUET, *s.* Cuilm, cuirm, fleadh.

BANQUET, *v. a.* et *n.* 1. Treat any one with feasts: dean cuilm do, thoir fleadh do. 2. feast or fare daintily: gabh cuilm, thig beò gu sòghair.

BANQUETER, *s.* 1. A feaster: fear-cuilme, fear-cuirme. 2. one that makes feasts: fear na cuilme.

BANQUET-HOUSE, BANQUETING-HOUSE, *s.* Tigh-cuilme, tigh-fleadha.

BANQUETING, *s.* Fleadhachas.

BANSHEE, *s.* Bean-shìthe, bean-shìthichean.

BANSTICKLE, *s.* Iasgan beag deilgneach, a' bhiorag lodain.

BANTER, *v. a.* Sgeig, mag, aithisich.

BANTER, *s.* Magadh, fochaid, sgeig, aithis, àbhachdas.

BANTERER, *s.* Fear-fochaid, fear-sgeige, fear-abhcaideach.

BANTLING, *s.* Isean-leanaibh, leanaban.

BAPTISM, *s.* Baisteadh.

BAPTISMAL, *adj.* Baistidh, baisteach, a bhuineas do bhaisteadh.

BAPTIST, *s.* 1. He that administers baptism: fear-baistidh. 2. See Anabaptist.

BAPTISTERY, *s.* Ionad-baistidh.

BAPTISTICAL, *adj.* See Baptismal.

BAPTISE, *v. a.* Baist.

BAPTISER, *s.* Fear-baistidh.

BAR, *s.* 1. A piece of wood, iron, or other matter, laid across to hinder entrance: crann, crann tarsuinn, crann-bacaidh. 2. a bolt, a piece of iron or wood fastened to a door for shutting: crann-druididh, crann-doruis. 3. an obstacle, obstruction: stad, grabadh, amladh, cnap-starruidh. 4. a gate: geata, cachlaidh. 5. a rock, or bank of sand at the entrance of a harbour or river: oitir, mol-gaineimh, sgeir-bhàite. 6. any thing used for prevention, or exclusion: grabadh, bacadh. 7. the place where causes of law are tried: ionad-tagraidh, being-bhreith. 8. an inclosed place in a tavern or coffee-house, for reckoning: ionad dìolaidh lach an tigh-òsda, àite roinn na dibhe. 9. any thing by which the structure is held together: bann, crann, ceangaltas. 10. any thing laid across another: tarsuinnean. 11. of gold or silver: geinn.

BAR, *v. a.* 1. Fasten or shut any thing with a bolt: crann, glais, druid le crann. 2. hinder, obstruct: bac, grab. 3. prevent, exclude: druid a mach, cum a muigh. 4. detain by excluding the claimants: cum, cum olc air mhaith le. 5. prohibit: toirmisg, seun. 6. except, make an exception: cum as, cum air falbh, seachuinn. 7. (in law): cuir stad air, bac, grab.

BARB, *s.* 1. Any thing that grows in the place of a beard: feusag. 2. the points that stand backward in an arrow, or hook: corran, gath, ribheag. 3. armour for horses: uidheam eich-cogaidh. 4. a Barbary horse: each o dhùthaich Bharbari.

BARB, *v. a.* 1. Shave, dress the beard: beàrr, thoir a mach feusag. 2. pare close to the surface: lomair, lom-ṙuisg. 3. jag arrows with hooks: riobhagaich, thoir colg air, thoir corran air. 4. furnish horses with armour: beartaich, no, uidheamaich each-cogaidh.

BARBARIAN, *s.* 1. A man uncivilized, a savage: allmharach, fiadh-dhuine, duine borb. 2. a foreigner: allmharach, borb-choigreach. 3. a brutal monster, a man without pity: duine gun iochd, duine gun truas, duine borb.

BARBARIAN, *adj.* Allmharach, fiadhaich, borb.

BARBARIC, *adj.* 1. Uncivilized, savage: borb, aineolach, gun oilean. 2. foreign, far-fetched: coigreach.

BARBARISM, *s.* 1. A form of speech contrary to the purity and exactness of any language: borbbhriathar, borb-ṙàdh, fiadh-ṙàdh. 2. ignorance of arts, want of learning: neo-oilean, aineolas, dall-aineolas. 3. brutality, savageness of manners: brùidealachd, an-iochdmhorachd, buirbe. 4. cruelty, barbarity, unpitying hardness of heart: neo-thruasalachd, an-iochmhorachd, brùidealachd.

BARBARITY, *s.* See Barbarism.

BARBARISE, *v. n.* Labhair gu borb-bhriathrach.

BARBAROUS, *adj.* 1. Stranger to civility, savage: borb, allmhara, fiadhaich. 2. ignorant, unacquainted with arts: neo-oileanta, dall, brùideil. 3. cruel, inhuman: an-iochdmhor, garg, cruaidh-chridheach. 4. foreign: coigreach, allmhara.

BARBAROUSLY, *adv.* See Barbarous.

BARBAROUSNESS, *s.* See Barbarism.

BARBARY, *s.* See Barb, *s.* 4.

BARBATED, *adj.* Corranach, riobhagach, colgach.

BARBED, *adj.* 1. Furnished with armour: armaichte, beartaichte, fuidh làn-uidheam-chogaidh. 2. bearded, jagged with hooks or points: riobhagach, corranach, biorach, gathach, colgach.

BARBEL, *s.* 1. A fish found in rivers: seòrsa éisg, breac feusagach. 2. knots of superfluous flesh growing up in the channels of a horse's mouth: miol, a' mhiol, gàilleach.

BARBER, *s.* Bearradair feusaig, bearradair fuilt.

BARBER-MONGER, *s.* Peasan duine.

BARBERESS, *s.* Ban-bhearradair.

BARBERRY, *s.* Preas deilgneach, preas nan geàrr-dhearc, geàrr-dhearc.

BARD, *s.* Bàrd, aos-dàna, filidh.

BARDIC, } *adj.* Bàrdail, a bhuineas do na bàrdaibh,
BARDISH, } a dùbhradh le bàrdaibh.

BARE, *adj.* 1. Naked, without covering: lom, lomnochd, rùisgte. 2. uncovered, out of respect: gun bhoineid, ceann-ṙuisgte. 3. unadorned, plain, simple: simplidh, stuama, measarra. 4. detected, no longer concealed: nochdta, air a ṫeigeadh ṙis, follaiseach. 5. poor, indigent: ainniseach, lom, falamh. 6. mere, unaccompanied with usual recommendation: lom. He has but the bare title: cha 'n 'eil aige ach an t-ainm *lom*. 7. thread-bare, much worn: lom, caithte. 8. not united with any thing else: lom. 9. wanting clothes, slenderly supplied with clothes: lomnochd, nochduidh.

BARE, *v. a.* Lom, rùisg, nochd, leisg ṙis.

BARE, or BORE, *pret.* of Bear, see Bear, *v.*

BAREBONE, *s.* Cnàimh-lom, lom-chnaimh.

BAREBONED, *adj.* Lom-chnaimheach.

BAREFACED, *adj.* 1. With the face naked: aghaidh ṙis, bathaiseach, lom-eudanach. 2. shameless, without concealment, undisguised: mi-nàireach, ladarna, leamh, gun chleith.

BAREFACEDLY, *adv.* See Barefaced.

BAREFACEDNESS, *s.* Mi-nàire, ladarnas, leamhachd, bathais làidir.

BAREFOOT, *adj.* Cas-ṙuisgte, cas-ruisg, cas-ṙuisgeach.

BAREFOOT, *adv.* Cas-ṙuisg, cas-ṙuisgeach.

BAREFOOTED, *adj.* See Barefoot, *adj.*

BAREGNAWN, *adj.* Air a lom-itheadh.

BAREHEADED, *adj.* Ceann-ṙuisgte, ceann-ruisgeach.

BARELEGGED, *adj.* Luirg-ṙuisgte, luirg-ṙuisgeach.

BARELY, *adv.* See Bare, *adj.*

BARENECKED, *adj.* Muineal-ṙùisgte.

BARENESS, *s.* 1. Nakedness: nochd, lomnochduidh. 2. leanness: caoile. 3. poverty: bochduinn, uireasbhuidh, truaighe. 4. meanness of clothes: lomnochduidh.

BAREPICKED, *adj.* Lom-spiolta.

BARERIBBED, *adj.* Lom-aisinneach.

BARFUL, *adj.* See Barrful.

BARGAIN, *s.* 1. A contract or agreement concerning the sale of something: còrdadh, cùmhnant. 2. the thing bought or sold, a purchase: luach, luach-peighinn. 3. stipulation, interested dealing: luach, buannachd, dòchas buanachd.

BARGAIN, *v. n.* Cùmhnantaich, còrd ṙi, còrd air son.

BARGAINEE, *s.* Fear-cùmhnantachaidh.

BARGAINER, *s.* Fear-tairgse, a theirgeas luach.

BARGE, *s.* Bàta, bàt'-aigheir, bìorluinn.

BARGEMAN, *s.* Fear-bàta.

BARGE-MASTER, *s.* Sgiobair-bàta.

BARGER, *s.* Fear-bàta, sgiobair-bàta.

BARK, *s.* 1. The rind or covering of a tree: cairt, rùsg. 2. the medicine, Peruvian bark: cairt ṫéigh-ean, cairt-ṫeighis. 3. a small ship: bàrca, long bheag.

BARK, *v. a.* 1. Strip trees of their bark: rùisg, thoir a chairt dheth. 2. enclose, cover, as bark the tree: iom-dhruid, iom-chòmhdaich.

BARK, *v. n.* 1. As a dog: tathuinn, dean tathunn, dean comhart. 2. clamour at, pursue with reproaches: diomol, aoir.

BARK-BARED, *adj.* Cairt-rùisgte, air a rùsgadh.

BARKER, *s.* 1. One that barks or clamours: fear-tathuinn. 2. one who strips trees: fear-rùsgaidh chraobh.

BARKY, *adj.* Cairteach, cairtidh.

BARLEY, *s.* Eòrna.

BARLEY-BRAKE, *s.* Gnè chluiche, obair buail-buadhachaidh.

BARLEY-BROTH, *s.* Eanaraich eòrna.

BARLEY-CORN, *s.* Gràinean eòrna, tomhas àraidh, treas earran na h-òirleich.
BARLEY-MOW, *s.* Cruach-eòrna, sgamhan eòrna.
BARLEY-SUGAR, *s.* Siùcar bruichte an sùgh eòrna.
BARM, *s.* Beirm, dèasgainn.
BARMY, *adj.* Beirmeach, dèasgainneach.
BARN, *s.* Sabhal, sgiobal.
BARN, *v. a.* Taisg, cuir 's an t-sabhal.
BARN-DOOR, *s.* Dorus-sabhail.
BARNACLE, *s.* 1. A kind of shell-fish that grows upon timber that lies in the sea: bàirneag, seòrsa maoraich a dh' fhàsas air fiodh grod 's an uisge. 2. a bird like a goose, fabulously supposed to grow on trees: giùran, cathan.
BAROMETER, *s.* Gloine-shìde, meidh-àilidh.
BAROMETRICAL, *adj.* A bhuineas do mheidh-àilidh.
BARON, *s.* Baran, ridir.
BARONAGE, *s.* 1. The body of barons, and peers: baranachd, buidhean nam baran 's nam mor-fhear. 2. the dignity of a baron: baranachd, ridireachd. 3. the land which gives title to a baron: baranachd.
BARONESS, *s.* Ban-bharan, ban-ridir, baintighearn barain.
BARONET, *s.* Ridir.
BARONICAL, *adj.* Coltach ri baran, baranach.
BARONY, *s.* Inbhe barain, oighreachd barain, baranachd.
BAROSCOPE, *s.* Seòrsa meidh-àilidh.
BARRACAN, *s.* Garbh aodach àraidh, seòrsa caimileit.
BARRACK, *s.* Tigh-feachd, còmhnuidh shaighdear, feachd-aitreabh.
BARRACK-MASTER, *s.* Fear-riaghlaidh feachd-aitreabh.
BARRATOR, *s.* Fear-aimhreite, fear-tagrach, duine connspoideach.
BARRATRY, *s.* Claon-bhreith, camadh-lagha, connspoideachd.
BARREL, *s.* 1. A cask: bairille, soitheach mòr fiodha. 2. a certain liquid measure: aon ghalan deug thar fhichead is leth-ghalain fìona, da gealan deug thar fhichead leanna, sèa galain dheug thar fhichead a' bheòir, ceithir-ghalain dheug thar fhichead a' ghoirt-bheòir. 3. a certain dry measure: tomhas bairille scadain, dà ghalan deug thar fhichead, a' thomhas an fhìona. 4. any thing hollow, as the barrel of a gun: feadan. 5. a cylinder: feadan cuairteil.
BARREL-BELLIED, *adj.* Maodalach, bolgach, bronnach.
BARREN, *adj.* 1. Without the quality of producing its kind: seasg, aimrid, neo-thorach, neo-shìolmhor. 2. unfruitful, not fertile, sterile: neo-thorach, neo-tharbhach. 3. not copious, scanty: gann, neo-phailt. 4. unmeaning, uninventive, dull: trom-cheannach, neo-thuigseach, fàs, fàs-cheannach.
BARRENLY, *adv.* See Barren.
BARRENNESS, *s.* 1. Want of offspring, want of the power of procreation: aimrideachd, seasgachd, neo-tharbhachd, neo-shìolmhorachd. 2. unfruitfulness, sterility, infertility: neo-thorachd, neo-tharbhachas. 3. want of invention, want of the power of producing any thing new: trom-cheannachd, neo-thuigse, fàs-cheannachd. 4. want of matter, scantiness: gainne, bochduinn.
BARREN-SPIRITED, *adj.* Tàir, tàireil, neo-uasal, dìblidh.
BARRFUL, *adj.* Grabalach, aimlisgeach.
BARRICADE, *s.* 1. A fortification made in haste: balla-bacaidh, babhunn-cabhaig. 2. any stop, bar, or obstruction: amaladh, cnap-starraidh, bacadh, grabadh.
BARRICADE, *v. a.* 1. Stop up a passage: glas suas, druid. 2. hinder by stoppage: grab, bac, cuir stad air.
BARRICADO, *s.* Daingneachd, babhunn, dìdean.
BARRICADO, *v. a.* Daingnich, druid suas, cuir dìdean mu.
BARRIER, *s.* 1. A barricade, an entrenchment: daingneach, dìon, balla-bacaidh. 2. a fortification, or strong place, as on the frontiers of a country: tùr, daingneach làidir, dùn. 3. a stop, an obstruction: bacadh, amladh, cnap-starraidh. 4. a bar to mark the limits of any place: comharra crìche, crìoch, gàradh-crìche.
BARRISTER, *s.* Fear-tagraidh, an cùirtibh Shasuinn.
BARROW, *s.* Bara, bara-làimh, bara-rotha.
BARROW, *s.* Muc, torc, culach.
BARROW, *s.* Tulman, tom, barpa.
BARTER, *s.* Màlairt, iomlaid.
BARTER, *v. a.* et *n.* 1. Give any thing in exchange for something else: iomlaidich, màlairtich, suaip. 2. traffic by exchanging: dean màlairt, dean iomlaid.
BARTERER, *s.* Fear-iomlaid, fear-màlairt.
BARTERY, *s.* See Barter.
BARTRAM, *s.* Lus-a-bhalla, lus na Spàinn.
BASALTES, *s.* Gnè chloiche, air dhath dorch, a chithear 'n a puist 's na creagaibh.
BASE, *s.* 1. The bottom of any thing, commonly of a building: stéidh, bonn, bunait, ìochdar, bunchar. 2. the pedestal of a statue: bunchar dealbh-snaighte. 3. that part of any ornament which hangs down: grinneas-paidireineach. 4. the broad part of any body, as the bottom of a cone: bonn, màs. 5. stockings, armour for the legs: còmhdach-luirgnean. 6. the place from which racers or tilters run: ionad-siubhail, an t-aite o 'n ruith luchd-coinnlinn, no luchd-còmhraig.
BASE, *adj.* 1. Mean, vile, worthless, of things: suarach, gun fhiù, neo-luachmhor, truaillidh. 2. of mean spirit, disingenuous, illiberal: mìothar, dìblidh, tàir, tàireil. 3. Of low station, of mean account: ìosal, suarach, tàireil. 4. base-born: dìolain. 5. of metals, without value: coimeasgta, truaillidh. 6. of sounds, deep, grave: fàs, borbhanach. 7. low in position or place: ìosal.
BASE-BORN, *adj.* 1. Born out of wedlock: dìolain. 2. of low parentage: neo-inbheach, ìosal, an-uasal. 3. vile, spurious, of things: tàir, tàireil.
BASE-COURT, *s.* Gàradh-cùil, iulainn.
BASE-MINDED, *adj.* Tàir, tàireil, gun fhiù.

BASE-MINDEDNESS, *s.* Tàirealachd, neo-fhiùghalachd.

BASE-VIOL, *s.* Fiodhal mhòr, fiodhal-thormain.

BASE, *v. a.* Dean suarach, truaill.

BASELESS, *adj.* Neo-stéidheil, gun bhunchar, gun bhunait.

BASENESS, *s.* 1. Meanness, vileness, badness: suarachas, neo-luachmhorachd, neo-fhiùghalachd, tàirealachd. 2. vileness of metal: suarachas, truaillidheachd. 3. bastardy, illegitimacy of birth: dìolanas. 4. deepness of sound: borbhanachd.

BASESTRING, *s.* Téis bhorbhanach ciùil.

BASHAW, *s.* Urra mhòr Thurcach, fear stràiceil.

BASHFUL, *adj.* 1. Modest, shame-faced: gnùisnàireach, athach. 2. sheepish, viciously modest: diùididh, leth-cheannach, saidealta. 3. exciting shame: nàireach, a chuireas nàir air.

BASHFULLY, *adv.* See Bashful.

BASHFULNESS, *s.* 1. Modesty as shewn in outward appearance: gnùis-naireachd, nàrachd, nàire. 2. vicious, or rustic shame: diùididheachd, saidealtas.

BASIL, *s.* 1. A sheep's skin tanned: croicionn cairtidh caorach. 2. the angle to which the edge of a joiner's tool is ground: geurachadh uidhim shaorsainneachd.

BASIL, *v. a.* Geuraich inneal shaorsainneachd.

BASILICA, *s.* Fèith mheadhonach a' ghàirdein.

BASILISK, *s.* 1. A kind of serpent, a cockatrice: righ-ṅathair. 2. a kind of cannon, or ordnance: seòrsa gunna mòir.

BASIN, *s.* 1. A small vessel to hold water for washing: soitheach-ionnlaid. 2. a small pond: lochan, lochan beag. 3. a part of the sea inclosed in rocks, with a narrow entrance: poll-mara. 4. any hollow place capacious of liquids: slochd, slochdan. 5. a dock for repairing and building of ships: àite-càiridh-luinge, long-phort.

BASIS, *s.* 1. The foundation of any thing, as of a column, or building: stéidh, bunait. 2. the lowest of the three principal parts of a column: roinn ìochdrach puist. 3. that on which any thing is raised: bunnait, stéidh. 4. the pedestal: bunchar, bunait. 5. the ground-work, or first principle of any thing: stéidh, bun, bunchar.

BASK, *v. a.* et *n.* 1. Warm by laying out in the heat: grianaich, dean bolg ri gréin. 2. lie in the warmth: luidh 's a' bhlàthas.

BASKET, *s.* Bascaid, cliabh, sgùlan, cliathag, càileag, càiteag.

BASKET-HILT, *s.* Dòrn-chrann airm, ceann-bheart-claidheimh a dhìonas an dòrn.

BASS, *s.* Brat, cos-bhrat, glùn-bhrat.

BASS, *v. a.* Dean guth tùchanach, tog fonn borbhanach.

BASS, *adj.* (in music), Trom, tùchanach, crònanach, dos-fhuaimneach.

BASTARD, *s.* 1. A person born out of wedlock: neach dìolain. 2. any thing spurious, or false: ni truaillidh, no mi-laghail.

BASTARD, *adj.* 1. Begotten out of wedlock: dìolain. 2. Spurious, not genuine: truaillidh, mi-laghail.

BASTARD, } *v. a.* et *n.* 1. Convict of being a bast-
BASTARDIZE, } ard: faigh dìolain, dearbh dìolain. 2. beget a bastard: dèan dìolanas, faigh urra dhìolain.

BASTARDLY, *adj.* See Bastard, *adj.*

BASTARDY, *s.* Staid-dìolanais, mi-laghaileachd gineamhuinn.

BASTE, *v. a.* 1. Beat with a stick: gabh le bata air. 2. drip butter, or any thing else, upon meat, as it turns round on the spit: leagh ìm air. 3. sew slightly: fuaigh farsuinn.

BASTIMENT, } *s.* Balla-dìdein.
BASTIMENTO, }

BASTINADE, } *s.* 1. The act of beating with a cud-
BASTINADO, } gel: slachdadh-baite. 2. the blow given with a cudgel: buille-bhata.

BASTINADE, } *v. a.* Slachd le bata, buail le bata,
BASTINADO, } gabh air le bata.

BAT, *s.* Bata, cuaille, lorg.

BAT, *s.* Ialtag, an ialtag.

BAT-FOWLER, *s.* Fear-marbhaidh ialtag, eunadar ialtag.

BATABLE, *adj.* So-chothachaidh, connspoideach.

BATCH, *s.* 1. The quantity of bread baked at a time: fuineadh, uiread a' dh' aran 's a dh'fhuinear aig aon àm. 2. any quantity made at once so as to have the same qualities: greadh, buidheann, dòrlach co-dhèanta, no, co-uidheamaichte.

BATE, *s.* Strìth, caonag, co-strith.

BATE, *v. a.* et *n.* 1. Lessen any thing, retrench: lughdaich, leig sìos, thoir air falbh. 2. sink the price: thoir sìos am prìs, leag am prìs. 3. lessen a demand: lughdaich t' iarrtas. 4. cut off, take away: sgath, dealaich, thoir air falbh. 5. grow less: lughdaich, sìolaidh sìos. 6. remit: logh, math.

BATEFUL, *adj.* Connspoideach, comh-stritheach.

BATELESS, *adj.* Neo-lughdachaidh, neo-cheannsachaidh.

BATEMENT, *s.* Lughdachadh, beagachadh.

BATH, *s.* 1. A bathing place: àite-faircidh, àit'-ionnlaid, àite-nighe. 2. a bathing, act of bathing: fairceadh, falcadh, nigheadh, ionnlad. 3. a state in which some great outward heat is applied to the body to mitigate pain: teas, ainteas, fallas. 4. a sort of Hebrew measure: bat, tomhas Eabhruidheach 's an robh seachd galain gu leth.

BATHE, *v. a.* et *n.* 1. Wash as in a bath: ionnlaid, fairc, nigh. 2. supple, or soften by the outward application of warm liquors: tean tais, taisich le uisge blàth. 3. wash any thing: nigh, ionnlaid. 4. be in the water, or in any resemblance of a bath: bi air do thumadh.

BATHING, *s.* See Bath, 2.

BATHOS, *s.* Sgleog-bhàrdachd.

BATING, *prep.* Mar bhiodh, mar a bhitheadh, saor o, ach, ach a mhàin.

BATLET, *s.* Slacan, siomaid.

BATOON, *s.* 1. A staff, or club: bata, cuaille-bhata. 2. a truncheon, or marshall's staff: bata-dreuchd àird-chinn-iùil. 3. (in heraldry): tarsuinnean gearraidh-airm, comharra dìolanais.

BATTAILOUS, *adj.* Armailteach, saighdearach, bataileach.

BATTALIA, *s.* 1. The order of battle: òrdugh-catha, òrdugh-blàir. 2. the main body of an army in array: mòr-bhuidheann na h-armailte an òrdugh-catha.

BATTALION, *s.* Eearrann-feachd, buidheann, cuideachd, o chùig ceud gu h-ochd ceud shaighdearan.

BATTEL, BATTIL, BATT, *v. a.* et *n.* 1. Render fertile: reamhraich, dean tarbhach, leasaich fearann. 2. grow fat: fàs reamhar.

BATTEL, BATTLE, *adj.* Torach, pailt, sìolmhor.

BATTEN, *s.* Maidean, slatag.

BESORT, *v. a.* Seòrsaich, cuir air leth, suidhich a ṙéir a chéile.

BESORT, *s.* Cuideachd, luchd-céilidh, luchd-leanmhuinn, luchd-frithealaidh.

BESOT, *v. a.* 1. Infatuate, stupify, dull: amadanaich, fàg gun tùr, fàg gun toinisg, dean gun othail, cuir air mhisg. 2. make to doat: cuir 'n a bhreislich.

BESOTTEDLY, *adv.* Gu h-amadanach, gu neo-othaileach.

BESOTTEDNESS, *s.* Amadanachd, umpaidheachd.

BESPANGLE, *v. a.* Dealraich, lainnirich le seudaibh.

BESPATTER, *v. a.* 1. Soil by throwing filth: salaich, tilg poll air, drabhasaich. 2. asperse with reproach: maslaich, càin, mill a chliù, dubh.

BESPAWL, *v. a.* Smugaidich, tilg sileadh air.

BESPEAK, *v. a.* 1. Order, entreat any thing beforehand: òrduich, iarr ṙoimh làimh, bruidhinn trà air a shon, cuir eàrlas air. 2. make way by a previous apology; gabh leisgeul tràthail. 3. forebode, tell something beforehand: ṙoimh-innis. 4.

speak to, address: labhair ri, cuir an céill do. 5. betoken, shew: cuir an céill.

BESPEAKER, *s.* Fear deadh earalais, fear-iarraidh roimh làimh.

BESPECKLE, *v. a.* Dean breac, dean ballach.

BESPET, *v. a.* Dean ballach le smugaidibh, no, le sile.

BESPEW, *v. a.* Sgeith, salaich le sgeith.

BESPICE, *v. a.* Gréidh le peabar.

BESPIT, *v. a.* See Bespet.

BESPOKE, *part.* See Bespeak.

BESPOT, *v. a.* Dean breac, dean ballach.

BESPREAD, *v. a.* Còmhdaich thairis, sgaoil thairis.

BESPRENT, *part.* Crathta le uisge.

BESPRINKLE, *v. a.* Uisgich, crath uisge air, sriodagaich.

BESPRINKLER, *s.* Fear-crathaidh uisge.

BESPIRT, } *v. a.* Tilg a mach gu sgapach, drabhas-
BESPURT, } aich, salaich.

BESPUTTER, *v. a.* Drabhasaich, salaich le smugaidibh, fag gràineil le sile.

BEST, *adj.* (superlative degree). 1. Most good: a 's feàrr, iomlan maith. 2. the utmost power, the strongest endeavour: uile neart, a 's feàrr is urrainn e. 3. carry to the greatest perfection, make the best: dean a' chuid a 's feàrr dheth.

BEST, *adv.* Gu ro-mhaith, a 's feàrr.

BESTAIN, *v. a.* Cuir buill shalach air.

BESTEAD, *v. a.* 1. Profit: tarbhaich, buannaich. 2. treat, accomodate: càirich gu maith, cuir riut féin. 3. dispose: rùnaich, suidhich 'n ad inntinn.

BESTIAL, *adj.* 1. Belonging to a beast: ainmhidheach, a bhuineas do bhrùid. 2. having the qualities of beasts, brutal, carnal: brùideil, an-iochdmhor, feòlmhor.

BESTIALITY, *s.* Ainmhidheachd, brùidealachd, feòlmhorachd.

BESTIALIZE, *v. a.* Dean 'n a ainmhidh, dean mar ainmhidh.

BESTIALLY, *adv.* See Bestial.

BESTICK, *v. a.* Comharraich le buill.

BESTINK, *v. a.* Dean droch bholadh, dean droch fhàile.

BESTIR, *v. a.* Grad-ghluais, éirich an àirde, mosgail, caraich, dean cabhag, brosnaich.

BESTNESS, *s.* An staid is ro-fheàrr.

BESTORM, *v. a.* Beuc, éirich gu h-atmhor, séid, dean mòr stoirm.

BESTOW, *v. a.* 1. Give, confer upon: thoir seachad, thoir do, builich air. 2. give as charity or bounty: thoir mar thiodhlac, thoir mar oircheis, builich le gean maith. 3. give in marriage: thoir seachad am pòsadh, pòs. 4. give as a present: thoir seachad an tiodhlac, compàirtich ri. 5. apply: cuir. 6. lay out upon: thoir air son, cuir a mach air son, cosg air. 7. lay up, stow, place: cuir a suas, taisg seachad.

BESTOWAL, *s.* Tabhartas seachad, buileachadh.

BESTOWER, *s.* Tabhartair, fear-buileachaidh, tiodhlacair.

BESTRADDLE, *v. a.* See Bestride.

BESTRAUGHT, *part.* Air mhearaichinn, air a' chuthach, air boile.

BESTREW, *v. a.* See Strew.

BESTRIDE, *v. a.* 1. Stride over any thing: leum casa gobhlach, rach casa gobhlach. 2. step over: ceum thairis. 3. ride on: marcaich air a mhuin, marcaich. 4. often used of a man standing over something which he defends: seas thairis air, teasraig e.

BESTUD, *v. a.* Leugaich, seudaich, sgeadaich le cinnthàirnean.

BESWIKE, *v. a.* Tàlaidh, meall, breugaich.

BET, *s.* Geall.

BET, *v. a.* Cuir geall, cuir an geall, leag geall air.

BETAKE, *v. a.* 1. Commit, entrust or deliver: thoir seachad do, cuir fuidh chùram, thoir toirteas thairis do. 2. have recourse to: theirig d' a ionnsuidh, iarr cobhair air. 3. apply: rach d' a ionnsuidh. 4. move, remove: falbh, imich, siubhail, gluais, togair, bi falbh.

BETAUGHT, *pret.* of Betake, sense 1.

BETEEM, *v. a.* Thoir a mach, builich, bàirig.

BETHINK, *v. a.* et *n.* 1. Recal to reflection: smuaintich, cuimhnich, gairm gu d' aire, beachdaich. 2. consider: smuainich, thoir faincar.

BETHOUGHT, *part.* Smuaintichte.

BETHRALL, *v. a.* Buadhaich thairis air, cuir an daorsa, dean tràill dheth.

BETHUMP, *v. a.* Buail, spuac, cnap, éirich air.

BETIDE, *v. a.* et *n.* 1. Happen to, befal: tachair do, éirich a mach, thoir gu crìch. 2. come to pass, fall out, happen, without the person: tachair, tuit a mach, tàrladh, thigeadh gu teachd. 3. become, be the fate: tachradh do, tàrladh.

BETIME, } *adv.* 1. Seasonably, early: 'na àm,
BETIMES, } moch, tràthail. 2. soon, before long time has passed: an ùine ghoirid, gu luath. 3. early in the day: moch-thrath, gu moch, 's a' mhaduinn.

BETOKEN, *v. a.* 1. Signify, mark, represent: ciallaich le, comharraich, samhlaich. 2. foreshew, presignify: innis roimh làimh, cuir an céill roimh làimh.

BETONY, *s.* Lus mhic bheathaig, glasair-choille.

BETOSS, *v. a.* 1. Disturb, agitate: cuir gluasad fuidh, cuir fuidh bhuaireas, crath. 2. toss into the air: luaisg 's an athar, tulg, crath, cuir roimh chéile.

BETRAP, *v. a.* Cuir an ribe, glac le lìon.

BETRAY, *v. a.* 1. Give into the hands of enemies by treachery: brath. 2. discover that which has been entrusted to secrecy: dean feall, meall, leig ris rùn dìomhair caraid. 3. expose to evil by revealing something entrusted: brath, nochd a chum a chall. 4. make known something that were better concealed: bi luath-bheulach, cuir os àird, leig ris, thoir am fradharc. 5. make liable to fall into something inconvenient: brath, cuir an cunnart. 6. shew, discover: brath, nochd gu foilleil.

BETRAYER, *s.* Brathadair, mealltair, fear-brathaidh, fear-foille.

BETRIM, *v. a.* Rìomhaich, sgeadaich, éid, sgèimhich, snasaich, deasaich.

BETROTH, *v. a.* 1. Contract to any one in order to marriage: réitich, dean ceangal-pòsaidh. 2. have as affianced by promise of marriage: dean ceangal-pòsaidh, biodh agad an ceangal-pòsaidh. 3. nominate to a bishopric, in order to consecration: dean ceangal pòsaidh ṙi eaglais.

BETROTHMENT, *s.* Ceangal-pòsaidh.

BETRUST, *v. a.* Earb, cuir an earbsa ṙi.

BETTER, *adj.* (comparative of good). 1. The superiority, the advantage: a chuid a 's feàrr. 2. improvement: ni 's feàrr, ni 's fheàrr.

BETTER, *adv.* (comparative of well). 1. Well in a greater degree: ni 's fheàrr, ṅi 's feàrr. 2. more, in a greater degree, or quantity: ni 's mò.

BETTER, *v. a.* 1. Improve, ameliorate: dean ni 's feàrr, leasaich, cuir am feabhas. 2. surpass, exceed: dean ṅi 's ro fheàrr; dean gu fìor mhaith. 3. advance, support: cuir air aghairt, leasaich, cum suas.

BETTER, *s.* 1. A superior person, one to whom precedence is given: an ceud neach, am fear a 's urramaiche, am fear a 's fheàrr. 2. the act of ameliorating, or improving: feabhas, deanamh ni 's feàrr.

BETTING, *s.* Cur geall.

BETTOR, *s.* Fear-chuir gheall, fearr gheall.

BETTY, *s.* Tailm bhristidh ghlas.

BETUMBLED, *adj.* Ṙoimh chéile, air a thilgeadh a ṅull 's a ṅall.

BETWEEN, *prep.* 1. In the intermediate space: eadar, anns a' mheadhon. 2. from one to another, noting intercourse: eadar. 3. bearing relation to two: eadar. 4. belonging to two, in partnership: eadar. 5. noting difference, or distinction between the one and the other: eadar.

BETWIXT, *prep.* 1. In the midst of two: eadar. 2. from one to another: eadar.

BEVEL, } *s.* Oisinn neo-dhìreach.
BEVIL, }

BEVEL, *v. a.* Dean oisinn neo-dhìreach.

BEVER. See Beaver.

BEVER, *s.* Greim meadhoin là.

BEVER, *v. n.* Ith greim meadhoin là.

BEVERAGE, *s.* 1. Drink, liquor to be drunk in general: deoch, dibh. 2. water cyder: leann ùbhlan. 3. a treat upon wearing a new suit of clothes: failt' ùir dheise. 4. a treat at first coming into a prison: fàilte prìosain.

BEVY, *s.* 1. A flock of birds: ealt eun. 2. a company, an assembly: cuideachd, buidheann, bannal, còisir.

BEWAIL, *v. a.* et *n.* 1. Bemoan, lament, express sorrow for: dean caoidh, guil, dean tuireadh, dean bròn. 2. express grief: caoin, guil, caoidh.

BEWAILABLE, *adj.* Muladach, brònach, dubhach, sgiorail, cruaidh.

BEWAILING, *s.* Caoidh, tuireadh, bron, caoineadh.

BEWAKE, *v. a.* Cum 'ṅ ad dhuisg, dean caithris, dean faireachadh.

BEWARE, *v. n.* Bi air t' fhaicill, thoir an aire.

BEWEEP, *v. a.* et *n.* 1. Weep over, or upon, bedew with tears: dean bròn, fliuch le deòir, dean caoidh os a cheann. 2. weep, make lamentation: guil, caoidh, bi tuireadh, caoin.

BEWET, *v. a.* Fliuch, uisgich le deòir, dean caoidh.

BEWHORE, *v. a.* 1. Corrupt, with regard to chastity: truaill, salaich. 2. pronounce a whore: gairm 'ṅ a siùrsach, cuir an céill i 'ṅ a strìopach.

BEWILDER, *v. a.* Seachranaich, iomrallaich, rach mearachd air an t-slighe.

BEWINTER, *v. a.* Dean gaillionach, cuir coltas a' gheamhraidh air.

BEWITCH, *v. a.* 1. Injure by witchcraft: cuir buitseachd air, cuir druidheachd air, dean druidheachd do. 2. charm: cuir fuidh gheasaibh.

BEWITCHER, *s.* Fear-cuir fuidh gheasaibh.

BEWITCHERY, *s.* Buitseachd, druidheachd, geasan.

BEWITCHFUL, *adj.* Geasach, tarruing d' a ionnsuidh, tàlaidheach.

BEWITCHING, *s.* Buitseachd, druidheachd.

BEWITCHINGLY, *adv.* See Bewitchful.

BEWITCHMENT, *s.* Druidheachd, buille-sùla, geasachd.

BEWONDERED, *adj.* Air a bhualadh le iongantas, làn ioghnaidh.

BEWRAP, *v. a.* Còmhdaich thairis, fill mu 'n cuairt.

BEWRAY, *v. a.* 1. Betray, discover perfidiously: brath, nochd gu fealltach. 2. shew, make visible: foillsich, taisbein.

BEWRAYER, *s.* Brathadair, fear-foille, mealltair.

BEWRECK, *v. a.* Cuir 'ṅ a bhloighdibh, dìthich, mill gu tur.

BEWROUGHT, *part.* Dèanta, oibrichte.

BEYOND, *prep.* 1. Before, at a distance, not yet reached: ṙoimhe. 2. on the farther side: thall, air an taobh thall. 3. farther onward than: ni 's faide air aghairt ṅa. 4. past, out of the reach of: seachad air, air nach urrainn e ruigheachd. 5. above, proceeding to a greater degree than: os a cheann, a' dol thairis air. 6. above, in excellence: ṙoimhe, air thoiseach air. 7. remote from: fada uaith. 8. go beyond, or deceive: thairis air.

BEYOND, *adv.* Air falbh, an sud.

BEZZLE, *v. a.* Struidh, dean ana-caitheamh.

BIANGULATED, } *adj.* Dà-oisinneach, dà-uileann-
BIANGULOUS, } ach.

BIAS, *s.* 1. The weight lodged on the side of a bowl, which turns it from the straight line: cudrom-taoibh, aomadh. 2. any thing which turns a man to a particular course: aomadh, claonadh. 3. propension, inclination: aomadh, claonadh, taobh, toil, togradh.

BIAS, *v. a.* Aom gu taobh, aom, claon, lùb, dean leth-bhreitheach.

BIAS-DRAWING, *s.* Lethbhreith.

BIASNESS, *s.* Aomadh, claonadh, tionndadh gu taobh.

BIB, *s.* Smig-bhrat, bréid-uchd leanaibh.

BIB, *v. n.* Òl, bi trom air òl, blais an drùbhag, bi pòit.

BIBACIOUS, *adj.* Òlmhor, pòiteach, misgeach.

BIBACITY, *s.* Tartmhorachd, ìotadh, pàighteachd.

BIBBER, *s.* Misgear, pòitear, fear trom air an drùbhag.

BIBLE, *s.* 1. The sacred volume in which are con-

tained the revelations of God: Bìoball, leabhar Dhia. 2. any great book: leabhar mòr.

BIBLE-BABBLE, *s.* Faoin-chòmhradh, briathran gun seadh.

BIBLE-BEARING, *adj.* Giùlan bìobaill, cealgach.

BIBLICAL, *adj.* Bìoballach, a bhuineas do 'n Bhìoball.

BIBLIOGRAPHER, *s.* Fear àrd ionnsachaidh, oileanach leabhraichean, fear ath-sgrìobhaidh.

BIBLIOGRAPHIC, BIBLIOGRAPHICAL, *adj.* A bhuineas do dh'eòlas leabhraichean, leabhrach.

BIBLIOGRAPHY, *s.* Teagasg ard-sgoileireachd, eòlas air eachdraidh leabhraichean.

BIBLIOMANIA, *s.* Boile-leabhraichean, dian dhéigh air leabhraichean a chruinneachadh.

BIBLIOMANIAC, *s.* Fear-boile leabhraichean, fear a tha ro dhéigheil air leabhraichean a chruinneachadh.

BIBLIOPOLIST, *s.* Fear-reic leabhraichean, reiceadair leabhraichean.

BIBLIOTHECAL, *adj.* Leabhar-lannach, a bhuineas do leabhar-lann.

BIBLIOTHECARY, *s.* Fear-gleidhidh leabhraichean.

BIBLIOTHETIC, *s.* Leabhar-lann.

BIBULOUS, *adj.* Còsach, sùighteach air uisge.

BICAPSULAR, *adj.* Sìol-roinnte.

BICE, *s.* Dath, buidhe, no uaine.

BICIPITAL, BICIPITOUS, *adj.* 1. Having two heads: dà-cheannach. 2. one of the muscles of the arm: gòlanach.

BICKER, *v. n.* 1. Fight without a set battle: dean caonnag, dean tuasaid. 2. quiver, play backwards and forwards: crith-chrath, luaisg.

BICKERER, *s.* Fear-tabaid, tuasaidiche.

BICKERING, *s.* Trod, connsachadh, caonnag.

BICKERMENT, *s.* Trod, aimhreit.

BICKERN, *s.* Iarunn biorach.

BICORNE, BICORNOUS, *adj.* Dà-adharcach.

BICORPORAL, *adj.* Dà-chorpach.

BID, *v. a.* 1. Desire, ask, call, invite: iarr, thoir cuireadh do. 2. command, order: òrduich, thoir àithn, iarr. 3. offer, propose: tairg luach, thoir tairgse. 4. proclaim, offer: gairm a mach, thoir cuireadh le gairm fholluiseach. 5. pronounce, declare: iarr, abair, cuir an céill. 6. denounce: thoir cuireadh, iarr. 7. pray: athchuingich, asluich. 8. bid beads: comharraich paidirein ùrnuigh.

BIDALE, *s.* Cuirm leanna.

BIDDEN, *adj.* 1. Invited: cuirte, air a chuireadh. 2. commanded: òrduichte, air àithn fhaotainn.

BIDDER, *s.* Fear-tairgse, tairgsear.

BIDDING, *s.* 1. Command, order: àithn, òrdugh, earail. 2. (in commercial language), the proposal of price for what is to be sold: tairgse.

BIDE, *v. n.* 1. Dwell, live, inhabit: còmhnuich, tàmh, gabh còmhnuidh, fuirich. 2. remain in a place: fan, fuirich, stad. 3. continue in a state: mair, fuirich, fan.

BIDENTAL, *adj.* Dà-fhiaclach.

BIDET, *s.* Each-beag, eachan.

BIDING, *s.* Tàmhachd, àros, fàrdoch, dachuidh.

BIENNIAL, *adj.* Dà-bhliadhnach, dà-bhliadhnail.

BIENNALLY, *adv.* An ceann gach dà bhliadhna.

BIER, *s.* Carbad.

BIER-BALK, *s.* Ceum-cille.

BIESTING, *s.* Nùs, bainne-buidhe, ceud-bhainne.

BIFARIOUS, *adj.* Dùbailte, dà-fhillte, a thuigear air dà dhoigh.

BIFEROUS, *adj.* A' giùlan dà bharr 's a bhliadhna.

BIFID, BIFIDATED, *adj.* Dà-sgoilteanach, sgoilte 'n a dhà mhìr.

BIFOLD, *adj.* Dùbailte, dà-fhillte.

BIFORM, *adj.* Dà-chruthach, air am bheil dà chumadh.

BIFORMED, *adj.* Dà-dhealbhta, aig am bheil dà chumadh, co-aonaichte.

BIFORMITY, *s.* Dà-chumachd.

BIFRONTED, *adj.* Air am bheil dà aghaidh.

BIFURCATED, *adj.* Gobhlach, 'n a dha mhèur.

BIFURCATION, *s.* Gobhlanachd.

BIG, *adj.* 1. Having comparative bulk: mòr, dòmhail. 2. great in bulk, large: mòr, dòmhail. 3. teeming, pregnant: leth-tromach, torrach, làn, mòr. 4. full of something, and desirous to give it vent: làn. 5. distended, swoln: dòmhail, tomadach. 6. great in air and mien, proud, swelling: àrdanach, atmhor, mòr-inntinneach. 7. lofty, brave: mòr, àrd, treun.

BIG, *s.* Seòrsa eòrna.

BIG, *v. a.* Tog, dean togail.

BIGAM, *s.* Fear dhithis bhan.

BIGAMIST, *s.* Fear dhithis bhan.

BIGAMY, *s.* 1. The crime of having two wives at once: pòsadh còmh-luath, ri dithis bhan, pòsadh dùbailte. 2. the state of being twice married: pòsadh dà uair.

BIG-BELLIED, *adj.* 1. Pregnant, with young: torrach, leth-tromach, trom. 2. having a large belly, or protuberance: bronnach, dòmhail, taigeiseach.

BIGBONED, *adj.* Mòr-chnamhach, garbh, làidir.

BIGCORNED, *adj.* Mòr-shìleineach.

BIGGIN, *s.* 1. A cap like one of those worn by children: currachd-mhaol, currachd, mar churrachd leanaibh bhig. 2. a building: togail.

BIGHT, *s.* Cuairt ròpan, air an càradh cruinn air muin a chéile.

BIGLY, *adv.* Gu h-atmhor, gu h-uabharach, gu mòr-bhriathrach.

BIGNAMED, *adj.* Ainmeil, air am bheil ainm mòr.

BIGNESS, *s.* 1. Bulk, greatness of quantity: meudachd, dòmhlachd, tomadachd. 2. size: meudachd àirde.

BIGOT, *s.* Fear dall dhian an creidimh.

BIGOT, BIGOTED, *adj.* Air a thabhairt seachad do dhall eud an creidimh, dealasach mu nithibh suarach.

BIGOTEDLY, *adv.* Gu dall dhian an creidimh, gu dall dalma.

BIGOTRY, *s.* 1. Blind zeal, unreasonable warmth in favour of party or opinions: dian eud mi-reusanta an creidimh, dall eud am beachdaibh àraidh. 2.

the practice or tenet of a bigot: dian-eud mi-ṙeusanta an creidimh, dall-eud.

Bigsounding, *adj.* Mòr-fhuaimneach, àrd-fhuaimneach.

Bigswolen, *adj.* Atmhor, mòr-bholgach.

Biguddered, *adj.* Mòr-ùthach, làn-shineach.

Bilberry, *s.* Braoileag, dearcag-mhonaidh.

Bilbo, *s.* Claidheamh caol, claidheamh.

Bilboes, *s.* Ceap air bòrd luinge, inneal-péin air son nan cos, air muir.

Bile, *s.* 1. A thick, yellow, bitter liquor, separated in the liver, which blunts the acids of the chyle: sùgh buidhe, searbh, domblas. 2. a sore, angry swelling: neasgaid, iongarachadh, leannachadh.

Bilge, *s.* Leud iochdar luinge.

Bilge, *v. n.* Fàs eu-dionach, leig a steach taoim.

Biliary, *adj.* Domblasach, a bhuineas do 'n domblas.

Bilingous, *adj.* Dà-chainnteach, dà-theangach, a labhras dà-chànain.

Bilious, *adj.* Domblasach, anns am bheil gnè an domblais.

Bilive, *adv.* See Belive.

Bilk, *v. a.* Thoir an car as, meall, dean feall air.

Bill, *s.* 1. The beak of a fowl: gob eòin, gob. 2. a kind of hatchet with a hooked point: tuadh bhiorach, tuadh ghobach, sgian-sgathaidh. 3. a battle-ax: tuadh-chath, tuadh-chogaidh. 4. a written paper of any kind: sgrìobhadh. 5. an account of money: sgrìobhadh fhiachan, cunntas fhiachan. 6. a law presented to the parliament, not yet made an act: cuis-ṙiaghailt air a toirt fainear ann an àrd-chomhairle na rìoghachd, riaghailt. 7. an act of parliament: riaghailt, laghail lagh rìoghachd, achd. 8. a physician's prescription: seòladh léighe, riaghailt léighe. 9. an advertisement: paipeir rabhaidh, paipeir chur an céill. 10. (in law), an obligation, but without condition or forfeiture for non-payment: bann-sgrìobhaidh, sgrìobhadh geallaidh. 11. of mortality: cunntas bhàs. 12. of fare: cunntas cosgais bìdh. 13. of exchange: bann-iomlaid, bann a bheir còir do ṅeach airgiod fhaotainn an àite sònruichte. 14. of lading: cunntas bathair air bòrd luinge, cunntas an luchd.

Bill, *v. n.* Cuir gob ṙi gob, pòg.

Bill, *v. a.* Cuir an céill gu follaiseach, thoir rabhadh le paipeir sgrìobhta.

Billet, *s.* 1. A small paper, a note: litir bheag. 2. a ticket directing soldiers at what house to lodge: paipeir chairtealan, paipeir stiùraidh shaighdearan gu ionad tàimh oidhche. 3. billet-doux, or love-letter: litir-leannanachd, litir ghaoil.

Billet, *v. a.* 1. Direct soldiers with a ticket where to lodge: seòl gu cairtealan, suidhich tàmh-ionad saighdeir. 2. quarter soldiers, or lodge other persons: suidhich cairtealan, leag cairtealan, gabh gu cairtealan. 3. simply, dispose, lodge: tog do chòmhnuidh, gabh tamh.

Billions, *s.* Deich ceud mile do dheich ceud mile.

Billow, *s.* Tonn, sumain.

Billow, *v. n.* Eirich mar thonn, sumanaich, at.

Billow-beaten, *adj.* Tonn-luaisgte.

Billowy, *adj.* Tonnmhor, atmhor, molach, gailbheach, stuadhach.

Bilman, *s.* Corcair, fear-sgathaidh le tuadh.

Bin, *s.* Tigh-taisg.

Binary, *adj.* Dithis, dùbailte, dà-fhillte.

Binary-arithmetic, *s.* An cunntas dithiseach, cunntas le dithis.

Binary, *s.* Staid dithis, fear is fear eile.

Bind, *v. a.* et *n.* 1. Confine with bonds, enchain: ceangail, cuibhrich, cuir an cuing. 2. gird: crioslaich, cuir uime, ceangail. 3. fasten to any thing: ceangail ṙi, snaidhm ṙi. 4. fasten together: ceangail, co-cheangail. 5. connect closely: naisg, teannaich, ceangail. 6. cover a wound with bandages: ceangail, teannaich, ceangail suas. 7. oblige by stipulation or oath: ceangail, cuir fuidh mhionnaibh. 8. compel, constrain, oblige by duty, or law: ceangail, thoir gu géilleadh, thoir air. 9. oblige by kindness: ceangail le comainibh, cuir fuidh chomain. 10. confine, hinder: cum a stigh, bac, ceangail. 11. make costive: teannaich, ceangail. 12. restrain: ceangail, cum a stigh, cuingich. 13. put a book in a cover: ceangail. 14. oblige to serve some one: cuir fuidh uachdranachd, ceangail ṙi. 15. contract with any body: ceangail, co-cheangail, dean co-cheangal. 16. (bind over) oblige to make appearance: thoir thairis do cheartas, cuir fuidh chuing a chum tabhairt gu ceartas, ceangail thairis do. 17. contract together, grow stiff and hard: crup, ragaich, cruadhaich, fàs teann, theirig a steach. 18. make costive: teannaich, ceangail 's a' chorp. 19. be obligatory: bi fuidh fhiachaibh, bi fuidh chùmhnanta, bi ceangailte.

Bind, *s.* See Hops, *s.*

Binder, *s.* 1. A man whose trade it is to bind books: fear-ceangail leabhraichean. 2. a man that binds sheaves: fear-ceangail sguab. 3. a fillet: ceanglachan. 4. an astringent: ni a theannaicheas, fear-deanaimh daingean.

Binding, *s.* 1. A bandage: ceangal, ceanglachan, crios-ceangail. 2. the cover of a book: ceangal-leabhair, ceangal, còmhdach.

Bind-weed, *s.* Iadh-lus.

Binocle, *s.* Gloine seallaidh dhùbailte, gloin amhairc da phìob, gloin amhairc dhà-shuileach.

Binocular, *adj.* 1. Having two eyes: dà-shùileach, aig am bheil dà shùil 2. employing both eyes at once: dà shùileach, a' sealltuinn le dà shùil.

Binominous, *adj.* Dà-ainmeach, air am bheil dà ainm.

Biographer, *s.* Fear sgrìobhaidh eachdraidh ṅeach, beatha-eachdraiche.

Biographical, *adj.* A bhuineas do bheatha-eachdraidh.

Biography, *s.* Beatha-eachdraidh.

Biovac, Bihovac, Bivouac, *s.* Feachd-fhaire oidhche mu choinneamh ṅamhaid.

Biparous, *adj.* A bheireas dithis còmhluath.

Bipartite, *adj.* Dà-ṙetheach, roinnte 'ṅ a dhà.

Bipartition, *s.* Roinn dà ṙeth.

Biped, *s.* Dà-chosach, beathach dà chois.
Bipedal, *adj.* Dà-chosach, dà throidh air fad.
Bipennated, *adj.* Dà-sgiathach, air am bheil dà sgiath.
Bipetalous, *adj.* Dà-dhuilleach, air am bheil dà dhuilleag.
Birch, *s.* Beithe. Birch-tree: craobh-bheithe. Birch-wine: fion-beithe.
Birchen, *adj.* Beithe, de bheithe.
Bird, *s.* Eun, eunlaith.
Bird, *v. n.* Glac eòin, eunaich.
Bird-bolt, *s.* Saighead-eòin.
Bird-cage, *s.* Eun-lann, eunadan.
Bird-call, *s.* Feadan meallaidh eun.
Bird-catcher, *s.* Eunadair, fear-glacaidh eun.
Birder, *s.* Eunadair, fear-glacaidh eun.
Bird-eye, *s.* Sùil-eòin, sealladh air àite o ionad àrd os a cheann.
Bird-eyed, *adj.* Geur-shuileach, bior-shuileach.
Bird-fancier, *s.* Fear aig am bheil déidh air eòin.
Birding-piece, *s.* Gunn' eunadair, gunn' eunaich.
Bird-like, *adj.* Coltach ri eun.
Bird-lime, *s.* Glaodh-eun, bìth-eun.
Bird-limed, *adj.* Lìon-sgaoilte, sgaoilte a chum tarruing 's an drip.
Bird-man, *s.* Eunadair, fear-glacaidh eun.
Birds-cherry, *s.* Fiodhag.
Birt, *s.* See Turbot, *s.*
Birth, *s.* 1. The act of coming into life: breith. 2. extraction, lineage: sinnsireachd, sìol. 3. rank which is inherited by descent: breith uasal, sloinneadh àrd. 4. the condition, or circumstance in which any man is born: staid-breith, inbhe. 5. thing born: breith, a ni a rugadh, sìol, sliochd. 6. the act of bringing forth: breith. 7. a proper distance between ships lying at anchor, or under sail: réidh-chothrom mara. 8. the proper place aboard for the mess to put their chests: ionad chisteachan an ceàrna luinge. 9. a convenient place to moor a ship in: acarsaid.
Birth-day, *s.* 1. The day on which any one is born: latha-breith. 2. the anniverary of one's birth-day: latha-breith, co-ainm latha-breith.
Birthdom, *s.* Còir-bhreith.
Birth-night, *s.* 1. The night on which any one is born: oidhche-bhreith. 2. the night annually kept in memory of one's birth: oidhche-bhreith, co-ainm oidhche-bhreith.
Birth-place, *s.* Ionad-breith, àite-breith.
Birth-right, *s.* Còir-bhreith, còir ceud ghin.
Birth-song, *s.* Òran breith, breith-rann.
Biscotin, *s.* Brochan milis, stapag bhlasda.
Biscuit, *s.* 1. Hard, dry bread: cruaidh bhreacag cruineachd. 2. a composition of fine flour, almonds and sugar: breacag bhlasda chruineachd.
Bisect, *v. a.* Geàrr 's a' mheadhon, dean dà leth.
Bisection, *s.* Dà chruinn leth.
Bishop, *s.* Easbuig.
Bishop, *v. a.* Easbuigich, gabh a stigh do 'n eaglais.
Bishop-like, } *s.* Easbuigeach, mar is cubhaidh do
Bishoply, } dh'easbuig.
Bishopric, *s.* Easbuigeachd, uachdranachd easbuig, sgìreachd easbuig.
Bishop-weed, *s.* Lus an easbuig.
Bick, *s.* Brochan feòla, eanaraich.
Bisket, *s.* See Biscuit.
Bison, *s.* Damh allaidh, damh fiadhaich.
Bissextile, *s.* Bliadhna leum.
Bisson, *adj.* Dall.
Bistre, *s.* Dath sùithe.
Bistoury, *s.* Sgian lèigh thri iarunn.
Bisulcous, *adj.* Ladharach, sgoilte 's an ladhar.
Bit, *s.* 1. The bit-mouth of a bridle: sparrag, beul-annach. 2. as much meat as is put in the mouth at once: greim, làn beòil. 3. a small piece of any thing: mìr, crioman, criomag, bìdeag.
Bit, *v. a.* Srianaich, cuir srian ri.
Bitch, *s.* 1. The female of the canine kind: galla, saidh. 2. a name of reproach for a woman: galla, baobh, caile shuarach.
Bite, *v. a.* 1. Crush, or pierce with the teeth: thoir greim as, gearr le d' fhiaclaibh, teum. 2. give pain by cold: criom, bior. 3. hurt, or pain with reproach: ciùrr, leòn, thoir beum. 4. cut, wound: geàrr, leòn. 5. make the mouth smart with an acrid taste: bior, criom, loisg. 6. cheat: thoir an car á, thoir greim á.
Bite, *s.* 1. The seizure of any thing by the teeth: greim, làn-beòil, gearradh. 2. the act of a fish that takes the bait: sgobadh, tiolam, spìonadh. 3. a cheat, a trick: greim, tiolam, car dona, droch cleas. 4. a sharper: mealltair, tiolamair.
Biter, *s.* 1. He that bites: greimiche, beumair, teumair, fear-lotaidh. 2. a fish apt to take the bait: sgobadair, spìonadair. 3. a tricker, a deceiver: caraiche, mealltair.
Biting, *s.* 1. The act of biting: greimeachadh, teumadh, beumadh. 2. the act of wounding: lotadh.
Bitingly, *adv.* Gu beumanach, gu teumach.
Bitless, *adj.* Neo-shrianach, neo-sparragach, as eugmhais cabstair.
Bits, *s.* Maide acarach.
Bittacle, *s.* Ionad socair na cairt-iùil.
Bitten, *adj.* Greimichte, gointe le fiaclaibh.
Bitter, *adj.* 1. Having a hot, acrid, bitter taste: goirt, searbh, teth, geur. 2. sharp, cruel, severe: cruaidh, garg, beumnach, sgaiteach, an-iochdmhor. 3. calamitous, miserable: searbh, brònach, doilghiosach. 4. painful, inclement: cràiteach, mi-àghmhor, mi-thaitneach, guineach. 5. sharp, satirirical, beumach, sgaiteach. 6. mournful, afflicted: searbh, brònach doilghiosach. 7. in any manner unpleasing, or hurtful: mi-thaitneach, cronail.
Bitter, *s.* 1. Any thing bitter: searbhas, searbhalachd. 2. (in medicine), a bitter plant, bark or root: searbhag.
Bitterful, *adj.* Ro-shearbh, làn searbhalachd.
Bitterly, *adv.* See Bitter, *adj.*
Bittern, *s.* 1. A bird with long legs and a long bill which feeds upon fish: gràineag, corraghràin. 2. A very bitter liquor which drains off in making of common salt: sùgh salainn.

Bitterness, *s.* 1. A bitter taste: searbhachd, searbhalachd. 2. malice, grudge: gamhlas, mi-run. 3. severity of temper: gairge, crosdachd. 4. satire, keenness of reproach: géire, béire, searbhachd. 5. sorrow, vexation: dubhachas, searbhas, doilghios, bristeadh cridhe.

Bittour, *s.* See Bittern, *s.*

Bitume, *s.* See Bitumen, *s.*

Bitumed, *adj.* Còmhdaichte le pic, smeurta.

Bitumen, *s.* Pic, bìgh thalmhainn.

Bituminous, *adj.* Bìgheach, piceach.

Bivalve, *adj.* Dà-dhuilleagach, dà-shligneach, dà-mhogulach.

Bivalvula, *adj.* Dà-dhuilleagach, dà-chòmhlach.

Bivious, *adj.* Dà-shligheach, a théid gu ionadaibh air leth.

Bivouac, *v. n.* Dean faire rè na h-oidhche air eagal nàmhaid.

Blab, *v. a.* et *n.* 1. Tell what ought to be kept secret: bi luath-bheulach, bi lonach, leig a mach rùn dìomhair, bi gabhannach. 2. tell in a good sense: innis, aithris, leig a mach.

Blab, *s.* Fear-aithris gach sgeòil, beul gun fhàitheam, fear sgoileamach, lonag, cab-sgaoilte, breugaire, fear-tuaileis, fear-cùl-chàinidh.

Blabber, *s.* Fear-aithris gach sgeòil, beul gun fhàitheam, cab-fosgailte, lonag, fear-tuaileis.

Blabber, *v. n.* 1. Whistle to a horse: geàrr fead ri each, dean fead. 2. falter, fib, tell tales: dean glagaireachd, bi gabhannach, aithris breugan, bi tuaileasach, dean cùl-chàineadh.

Blabberlipped. See Blobberlipped, *adj.*

Black, *adj.* 1. Of the colour of night: dubh, dorch, doilleir. 2. dark: dubh, dorch. 3. sullen: gruamach, nuarranta, neulach. 4. horrible, wicked, atrocious: gràineil, mallaichte, aingidh, dubh. 5. obscure, mysterious: doilleir, dorcha, dìomhaireach. 6. dismal, mournful: dubhach, muladach, brònach, tuirseach. 7. black and blue: dubh-ghorm.

Black-browed, *adj.* Gruamach, nuarranta, neulach.

Black-cattle, *s.* Crodh, buair, nì, feudail, spréidh.

Black-earth, *s.* Talamh dubh, sgrath dhubh thalmhainn.

Black-eyed, *adj.* Dubh-shuileach.

Black-faced, *adj.* Dubh-ghnuiseach, dubh 's an aodan.

Black-guard, *s.* Slaightear, ceatharnach suarach, crochair, balach mi-bheusach.

Black-mail, *s.* Dubh-chis, cis cheatharnach-coille, air son dìon cuid neach o cheatharnaich-choille eile.

Black-mouthed, *adj.* Droch-bheulach, sglamhrach, ana-cainnteach.

Black-pudding, *s.* Marag dhubh, marag fhola.

Black visaged, *s.* Dubh-ghnùiseach.

Black, *s.* 1. Black colour: dubh, dath dubh. 2. mourning: aodach-bròin, dubh. 3. a blackamoor: duine dubh. 4. that part of the eye which is black: dubh na sùla, dubh. 5. a stain: dubh, ball dubh.

Black, *v. a.* Dubh, dean dubh, dath dubh.

Blackamoor, *s.* Duine dorcha, duine dubh.

Black-berry, *s.* Dearcag dhubh, smeur dhubh.

Blackbird, *s.* Lon-dubh.

Blackcock, *s.* Coileach-dubh.

Blacken, *v. a.* et *n.* 1. Make of a black colour: dubh, dubhaich, dean dubh. 2. darken, cloud: dorchaich, còmhdaich le neulaibh. 3. defame or make infamous: cùl-chàin, tog droch sgeul, dubh, mill a chliù. 4. grow black, or dark: fàs dorch, bi dubh.

Blackener, *s.* Fear-dubhaidh, fear-dathaidh dubh.

Blackish, *adj.* Dorch, dubh-fhiamhach.

Blackly, *adv.* See Black, *adj.*

Blackmoor, *s.* See Blackamoor, *s.*

Blackness, *s.* 1. Black colour: dubh, duibhead, dorchachd. 2. darkness: dorchachd, duibhreachd, doilleireachd. 3. atrociousness: aingidheachd, uamharrachd.

Blacksmith, *s.* Gobha, gobhann, gobhann dubh.

Black thorn, *s.* Droigheann dubh, preas nan àirneag.

Bladder, *s.* 1. That vessel in the body which contains the urine: eutroman, aotroman, balg. 2. it is often filled with wind to which allusions are frequently made: balg-gaoithe eutroman-gaoithe. 3. supporters in swimming: eutromain, builg-ghaoithe, bollachan. 4. a blister, a pustule: balgan, guirean.

Bladdered, *adj.* Séidte mar eutroman.

Blade, *s.* 1. The spire of grass before it grows to seed, the green shoots of corn: bileag-fheoir, duilleag fheoir, bileag-fhochainn. 2. the sharp or striking part of a weapon, distinct from the handle: lann, lainne, iarunn claidheimh. 3. a brisk man: lasgair, fear spaideil. 4. (blade) of the shoulder or (blade) bone: cnàimh-slinnean.

Blade, *v. a.* Faigh lann, crioslaich le lann.

Bladed, *adj.* Bileagach, duilleagach, lannach.

Bladesmith, *s.* Gobhann-chlaidheamh.

Blain, *s.* Neasgaid, guirean, leus.

Blamable, *adj.* Coireach, ciontach, lochdach, airidh air achmhasan.

Blamableness, *s.* Ciontachd, coireachd.

Blamably, *adv.* See Blamable.

Blame, *v. a.* 1. Censure, charge with a fault: coirich, faigh cron do. 2. blemish, bring reproach upon: truaill, maslaich, oilbheumaich.

Blame, *s.* 1. Imputation of a fault: coire, cionta. 2. crime: lochd, cionta, cron, oilbheum. 3. hurt, goirteachadh, ciùrradh.

Blameful, *adj.* Coireach, ciontach, lochdach.

Blameless, *adj.* Neo-choireach, neo-lochdach, neo-chiontach.

Blamelessly, *adv.* See Blameless.

Blamelessness, *s.* Neo-chiont, neo-choireachd, treibhdhireas.

Blamer, *s.* Fear-cronachaidh, fear-coireachaidh.

Blameworthy, *adj.* Ion-choireach, airidh air achmhasan, toilltinneach air buille.

Blameworthiness, *s.* Ion-choireachd, airidheachd air achmhasan, toilltinneachd air buille.

Blanch, *v. a.* et *n.* 1. Whiten: gealaich, dean geal, dean bàn. 2. strip or peel such things as

have husks: rùisg, sgrath. 3. slur, balk, pass over: seachain, fag, leig le, theirig thairis. 4. evade, shift, speak soft: seachain, cuir a thaobh, labhair gu fòil, buin gu sèimh ri.

BLANCHER, *s.* Fear-gealachaidh, gealadair.

BLAND, *adj.* Caoin, caomh, mìn, tlà, sèimh, ciùin, fòil.

BLAND, *v. a.* Dean caoin, sèimhich, ciùinich.

BLANDATION, *s.* Miodal tlà, caoin-mholadh, sodal.

BLANDILOQUENCE, *s.* Cainnt mholtach, briatharmilis, tlà-chainnt, caoin-mholadh.

BLANDISH, *v. a.* Sèimhich, dean caoin, breug, dean cainnt thlà, dean beul breagha.

BLANDISHER, *s.* Miodalaiche, fear caoin-mholaidh, fear tlà-chainnteach.

BLANDISHING, *s.* Tlà-chainnt, caoin-mholadh, briathar caoimhneil.

BLANDISHMENT, *s.* 1. Act of fondness: caoimhneas, caidreamh, tàladh. 2. soft words, kind speeches: cainnt-thlà, caoin-mholadh, briathar milis, fòil-labhairt, beul breagha. 3. kind treatment, caress: caoimhneas, tàladh.

BLANK, *adj.* 1. White: geal, bàn. 2. without writing, unwritten: geal, bàn, gun sgrìobhadh. 3. pale, confused, crushed: bàn, glas-bhàn. 4. without rhyme, where the rhyme is blanched: neo-rànntach.

BLANK, *s.* 1. A void space on paper: àite falamh, ionad geal, mìr pàipeir gun sgrìobhadh. 2. a lot, by which nothing is gained, which has no prize marked upon it: pàipeir falamh, crannchur gun luach. 3. a paper from which the writing is effaced: sgrìobhadh di-mhillte, pàipeir sgrìobhta nach gabh leughadh. 4. a paper unwritten, any thing without marks, or characters: pàipeir geal, geal. 5. a point to which the arrow is directed: cuspair. 6. aim, shot: ionnsuidh, cuimse, urchair.

BLANK, *v. a.* 1. Damp, confuse, dispirit: di-mhisnich, cuir fuidh amhluadh, claoidh a spiorad. 2. efface, annul: dìthich, di-mhill.

BLANKET, *s.* Plaide, plaideag.

BLANKET, *v. a.* 1. Cover with a blanket: còmhdaich le plaide, cuir am plaide. 2. toss in a blanket: crath ann am plaidibh, luaisg 's an athar am plaidibh.

BLANKETING, *s.* Crathadh, no luasgadh 's an athar am plaidibh.

BLANKLY, *adv.* See Blank, *adj.*

BLARE, *v. n.* Raoichd, dean bùirich.

BLASPHEME, *v. a.* et *n.* 1. Speak in terms of impious irreverence of God: Dia-mhaslaich, dean tàir air Dia, thoir toibheum do ainm Dhé. 2. speak evil of: mallaich e, labhair gu h-olc uime, ruith a sìos e. 3. speak blasphemy: labhair toibheum.

BLASPHEMER, *s.* Fear-labhairt toibheim, fear-mallachaidh Dhé.

BLASPHEMING, *s.* Labhairt toibheim, toibheumachadh.

BLASPHEMOUS, *adj.* Toibheumach.

BLASPHEMOUSLY, *adv.* See Blasphemous, *adj.*

BLASPHEMY, *s.* Toibheum, Dia-mhasladh.

BLAST, *s.* 1. A gust or puff of wind: osag, séideag oiteag. 2. the sound made by blowing any instrument of wind music: séideadh, sgal. 3. the stroke of a malignant planet: séideag sgriosach, builleìosgaidh.

BLAST, *v. a.* 1. Strike with a sudden plague, or calamity: buail le plàigh, gon, dean di-mhilleadh grad. 2. make to wither: seachd, loisg, dàth, searg. 3. injure, invalidate: mill, thoir gu neo-ni. 4. cut off, hinder from coming to maturity: geàrr sìos, searg, thoir air seachdadh. 5. confound, strike with terror: tuairgnich, cuir fuidh bhuaireas, cuir eagal air.

BLASTER, *s.* Fear-millidh, fear-gonaidh, fear-seargaidh.

BLASTMENT, *s.* Séideag, grad-bhuille, plàigh léirsgrios.

BLATANT, *s.* Geumnach mar laogh.

BLATCH, *v. a.* See Blotch, *v. a.*

BLATERATION, *s.* Bladhmaireachd, bladhaireachd, glagaireachd, blaoghanachd.

BLATEROON, *s.* Bladhdair, glagair, clab-sgàin.

BLATTER, *v. n.* Dean bladhmaireachd, bi geumnaich.

BLAZE, *s.* 1. Flame: lasair, solus lasarach, leus-soluis. 2. publication, wide diffusion of report: craobh-sgaoileadh, foillseachadh, dol am farsuingeachd mar theine. 3. a large white mark upon a horse, in the forehead: blàradh, geal-aodainn.

BLAZE, *v. a.* et *n.* 1. Publish, make known, spread far and near: cuir am farsuingeachd, craobh-sgaoil. 2. give an account of ensigns armorial in proper terms: aithris comharran an gearradh arm, cuir an céill comharran brataich an òrdugh. 3. flame, shew the light of the flame: dealraich, dean lasair, soillsich. 4. be conspicuous: bi soillear, dealraich, taisbein thu féin.

BLAZER, *s.* Fear-craobh-sgaoilidh sgeòil, ballsgaire, fear-aithris iomraidh.

BLAZON, *v. a.* 1. Explain in proper terms the figures on ensigns armorial: dean soilleir comharran gearradh arm mìnich comharran suaicheantais. 2. deck, embellish: sgeadaich gu maiseach, sgèimhich, cuir an truscan rìomhach. 3. display, set to show: seòl gu folluiseach, taisbein, cuir a mach. 4. celebrate, set out: àrd-mhol, sgaoil a chliù. 5. blaze about, make public: sgaoil mu 'n cuairt, dean folluiseach, gairm a suas, no 'n àird.

BLAZON, *s.* 1. The art of drawing or explaining coats of arms: gearradh arm, mìneachadh gearraidh arm. 2. show, publication: soillseachadh, craobhsgaoileadh, taisbeanadh. 3. celebration, proclamation of some quality: moladh, cliù-ghairm.

BLAZONER, *s.* 1. A herald: fear-éigheach chùmhnantan, teachdair airm gu arm eile. 2. an evil speaker: fear cùl-chàinidh, fear-togail droch alla.

BLAZONRY, *s.* Eòlas ghearradh arm, suaicheantachd.

BLEA, *s.* Farrusg craoibhe.

BLEACH, *v. a.* et *n.* Gealaich, dean geal air todhar, fàs geal air todhar, no, a muigh.

BLEACHER, *s.* Gealadair, fear-gealachaidh.

BLEACHERY, *s.* Tigh-gealachaidh, blàr-gealachaidh.

BLEAK, *adj.* 1. Pale: bàn, glas-neulach. 2. cold,

chill, cheerless : lom, fuar, fuaraidh, nochdaidh, gun tuar.

Bleakness, *s.* 1. Coldness, chilliness : fuarachd, luime, mi-thuar. 2. paleness : glas-ṅeulachd.

Bleaky, *adj.* See Bleak, *adj.* 2.

Bleakly, *adv.* See Bleak, *adj.* 2.

Blear, *adj.* 1. Dim with rheum or water : rèasg-shuileach, prab-shuileach, mùsgach, dearg-shuileach, brach-shuileach. 2. dim, obscure in general, or that which makes dimness : doilleir, dorch, neulach.

Blear-eyed, *adj.* 1. Having sore eyes : rèasg-shuileach, prab-shuileach, brach-shuileach. 2. having an obscure understanding : dall, doilleir, dorch-inntinneach.

Blear, *v. a.* 1. Make the eyes watery or sore with rheum : dean prab-shuileach, dean sùil uisgidh. 2. dim the eyes : dall, doilleirich an sealladh, tarruing neul air an fhradharc.

Bleariedness, *s.* Rosbachd, mùsgachd, prab-shuileachd.

Bleat, *v. n.* Mèil, dean mèil.

Bleat, *s.* Mèil.

Bleating, *s.* Mèilich.

Blob, *s.* Guirean, leus, builgean.

Blee, *s.* Aogas, snuadh, dreach.

Bleed, *v. a.* et *n.* 1. Let blood, take blood from : leig fuil á, thoir fuil á, tarruing fuil á. 2. lose blood, run with blood : caill fuil, sil fuil. 3. die a violent death : sil fuil gu bàs, bàsaich le sileadh fola. 4. lose blood medicinally : caill fuil. 5. drop as blood : sil, sil mar bhoinnean fola.

Bleit, Blate, *adj.* Saidealta, nàrach.

Blemish, *v. a.* 1. Mark with any deformity : cuir gaoid ann, mill, cuir galar ann, ciùrr. 2. defame, tarnish, with respect to reputation : salaich, truaill, mi-chliùthaich, cuir a sìos.

Blemish, *s.* 1. A mark of deformity, a scar : ciorram, gaoid, cron, ailt. 2. reproach, disgrace, imputation : tàmailt, tàir, mi-chliu, sgainneal. 3. a soil, turpitude, deformity : sal, gràinealachd, mimhaise, mi-dhreach.

Blemishless, *adj.* Neo-lochdach, neo-choireach, gun ghaoid, fallain, coimhlionta.

Blemishment, *s.* Masladh, salachadh, gràinealachd, mi-chiatachd, ciorram.

Blench, *v. a.* et *n.* 1. Hinder, obstruct : bac, cum air ais. 2. shrink, start back, give way : crup, teich air ais, clisg, siap air falbh.

Blench, *s.* Clisgeadh, leum grad.

Blencher, *s.* Culaidh-chlisgidh, culaidh-charachaidh.

Blend, *v. a.* 1. Mingle together : coimeasgaich, cuir an ceann a chéile. 2. confound : cuir roimh chéile. 3. pollute, spoil : truaill, salaich, mill. 4. blind : dall, doilleirich.

Blender, *s.* Fear-coimeasgaidh, fear-cur an ceann a chéile.

Bless, *v. a.* 1. Make happy, prosper : beannaich, dean sona, soirbhich. 2. wish happiness to another : beannaich, guidh beannachdan air. 3. consecrate by prayer, pronounce a blessing upon : coisrig, beannaich, guidh beannachd air. 4. praise, glorify for benefits received : beannaich, mol, glòirich, thoir taing.

Bless us, *interj.* Beannaich sinn ! teasraig sinn !

Blessed, *adj.* 1. Happy, enjoying felicity : beannaichte, sona. 2. holy and happy : naomh, beannaichte. 3. happy in the joys of heaven : beannaichte, iomlan sona. 4. having received the benediction of another : an déigh beannachadh fhaotainn, air a bheannachadh.

Blessedly, *adv.* See Blessed.

Blessedness, *s.* 1. Happiness, felicity : beannachadh, sonas. 2. sanctity : naomhachd. 3. heavenly felicity : sonas nèamhaidh, sonas iomlan. 4. divine favour : beannachadh, gean-maith Dhé.

Blesser, *s.* Fear-beannachaidh, fear-tabhairt soirbheachaidh.

Blessing, *s.* 1. Benediction : beannachadh, beannachd. 2. a declaration by which happiness is promised in a prophetic manner : beannachadh. 3. any of the means of happiness, a gift : beannachd, tiodhlac, buannachd, sochair. 4. divine favour : caoimhneas Dhé, làthaireachd Dhé, gean-maith an Tighearna. 5. the presents which friends make to one another : beannachadh, tiodhlac.

Blest, *adj.* See Blessed.

Blew, *pret.* Shèid. See Blow, *v.*

Blight, *s.* 1. Mildew : fuar dhealt, liath-ṙeothadh. 2. any thing nipping or blasting : crìonadh, searg-adh.

Blight, *v. a.* 1. Corrupt with mildew : seac, crìon, mill le liath-ṙeothadh. 2. blast, hinder from fertility : dàth, seac, crìon, sgrios.

Blin, *v. a.* Stad, fan, fuirich, seas.

Blind, *adj.* 1. Deprived of sight : dall, gun fhradharc, dorch. 2. intellectually dark : dall-inntinneach, aineolach, dorch-thuigseach. 3. unseen, out of the public view : folaichte, as an t-sealladh, an cleth. 5. not easily discernable, dark : doilleir, dubharach, dìomhair.

Blind, *v. a.* 1. Make blind : dall, dean dall, thoir a fhradharc uaith. 2. darken, obscure to the eye : dorchaich, dean doilleir, dean dubharach. 3. darken the understanding : dall 'inntinn, dorchaich a thuigse. 4. obscure to the understanding : dean doilleir, dorchaich. 5. eclipse : tarruing dubhar air, dorchaich.

Blind, *s.* 1. Something to hinder the sight : sgàileshùl, dall-bhrat. 2. something to mislead the eye or the understanding : sgàile-meallaidh, leisgeul mealltach. 3. a hiding place : ionad-folaich, àite-folaich.

Blindfold, *v. a.* Dall, doilleirich dorchaich, còmhdaich a shùilean.

Blindfold, *adj.* Sùil-chòmhdaichte, dall.

Blindly, *adv.* See Blind, *adj.*

Blindman's-buff, Dallan dà.

Blindness, *s.* 1. Want of sight : doille. 2. ignorance, intellectual darkness : ain-eolas, dorchadas inntinn.

BLINK, *v. n.* 1. Twinkle: caog, priob. 2. see obscurely: faic gu doilleir.

BLINK, *s.* Sealladh grad, plathadh.

BLINKARD, *s.* 1. One that has bad eyes: fear priob-shuileach, fear prab-shuileach, caogaire, priob-air. 2. something twinkling: crith-bhoillsgeadh, priobadh.

BLISS, *s.* 1. The highest degree of happiness: àrd-shonas, beannachadh nèamhaidh, sonas nam flaitheas. 2. felicity in general: beannachadh, sonas.

BLISSFUL, *adj.* Làn-aoibhneach, beannaichte, iomlan sona, fìor-shubhach.

BLISSFULLY, *adv.* See Blissful.

BLISSFULNESS, *s.* Sonas, aoibhneas coimhlionta, mòr shubhachas, beannachadh.

BLISSLESS, *adj.* Neo-shona, neo-shubhach.

BLIST, *adj.* See Blessed.

BLISTER, *s.* 1. A pustule formed by raising the cuticle from the cutis: leus, bolgan, guirean, plucan. 2. any swelling made by the separation of a film or skin from the other parts: éirigh craicinn, bòcadh 's a' chraicionn.

BLISTER, *v. a.* et *n.* 1. Raise blisters by some hurt: thoir leus air, thoir éiridh craicinn air, bolgaich. 2. raise blisters with a medical intention: tog bolg uisg air a' chraicionn le cungaidh-leighis, bolgaich. 3. rise in blisters: bòc, éirich 'n ad ghuireanaibh.

BLITHE, *adj.* Ait, aoibhinn, sunntach, aighearach, cridheil.

BLITHFUL, *adj.* Ait, aoibhinn, sunndach.

BLITHLY, *adv.* See Blithe.

BLITHNESS, BLITHSOMNESS, *s.* Aiteas, sunndachd, cridhealachd.

BLITHSOME, *adj.* See Blithe.

BLOAT, *v. a.* et *n.* 1. Swell, or make turgid with wind: séid suas, bòc. 2. grow turgid: at, séid suas, fàs làn le gaoth.

BLOAT, *adj.* Air at, séidte suas, air bòcadh.

BLOATEDNESS, *s.* At, bòcadh, séideadh, làn neasgaid is mheallan.

BLOBBER, *s.* See Blubber.

BLOBBER-LIP, *s.* Spreill, meill, beul tiugh.

BLOB-LIPPED, BLOBBER-LIPPED, *adj.* Busach, spreilleach, meilleach.

BLOCK, *s.* 1. A heavy piece of timber: sgonn, òrd-fiodha. 2. a mass of matter: pluc, meall, cnap, ploc. 3. a mass of body: meall, pluc, ploc. 4. a rude piece of matter in contempt: ploc, sgonn, meall. 5. the piece of wood on which hats are formed: ploc, cnap, ceap. 6. the wood on which criminals are beheaded: ealag nan ceann. 7. an obstruction, a stop: ceap-tuislidh. 8. a sea term for a pully: ulag. 9. a blockhead: clod-cheann, baoth-fhear.

BLOCK, *v. a.* Dùin a steach, iom-chuartaich, druid a stigh.

BLOCK-HOUSE, *s.* Daingneach, dùn-dìona acarsaid, no, baile callaidh.

BLOCK-TIN, *s.* Staoin gun truailleadh, meall staoin neo-mheasgta.

BLOCKADE, *v. a.* Iom-chuairtich, iom-dhruid, teann ri air gach taobh.

BLOCKADE, *s.* Iom-dhruideadh, iom-chuartachadh.

BLOCKHEAD, *s.* Bumaileir, sgonn gun tuigse, umpaidh, gurraichdeach, baothaire, amhlair.

BLOCKHEADED, *adj.* Clod-cheannach, neo-thuigseach, amhlaireach.

BLOCKHEADLY, *adv.* See Blockheaded.

BLOCKISH, *adj.* Clod-cheannach, trom, aineolach, mi-thuigseach.

BLOCKISHLY, *adv.* See Blockish.

BLOCKISHNESS, *s.* Umpaidheachd, amhlaireachd, bumaileireachd.

BLOCKLIKE, *adj.* See Blockish.

BLONKET, *adj.* Liath-ghorm.

BLOOD, *s.* 1. The red liquor that circulates in the body of animals: fuil. 2. child, progeny: fuil, sliochd, sìol, gineal. 3. family, kindred: teaghlach, luchd-dàimh, càirdean. 4. descent, lineage: sinnsireachd, gineal, cinneadh. 5. royal lineage: fuil rìoghail, sliochd rìoghail. 6. birth, high extraction: breith inbheach, àrd uaisle. 7. murder, violent death: fuil, dòrtadh-fola, mortadh. 8. life: fuil, beatha. 9. for blood: airson a bheatha. 10. the carnal part of man, as *flesh and blood:* fuil is feòil. 11. temper of mind, state of the passions: aomadh inntinn. He did it in hot blood: rinn se e am boil inntinn. He did it in cold blood: rinn se an suidheachadh inntinn e. 12. a hot spark: duine bras. 13. the juice of any thing: sùgh.

BLOOD, *v. a.* 1. Stain with blood: salaich le fuil, còmhdaich thairis le fuil. 2. enter, enure to blood, as a hound: thoir fuil do. 3. let blood medically: thoir fuil as, leig fuil as. 4. heat, exasperate: cuir fearg air, cuir corruich air.

BLOOD-BESPOTTED, *adj.* Ballach le fuil, breac le fuil.

BLOOD-BOLTERED, *adj.* Aig am bheil 'fhalt làn fola, falt-fhuileach.

BLOOD-CONSUMING, *adj.* Fuil-chaiteach.

BLOOD-DRINKING, *adj.* Fuil-dheòthalach, a dh' òlas an fhuil.

BLOOD-FROZEN, *adj.* Fuil-reòthta.

BLOOD-HOT, *adj.* Fuil-theth, teth mar fhuil.

BLOOD-LET, *v. n.* Leig fuil as, buail cuisle ann.

BLOOD-LETTER, *s.* Fear-tarruing fola.

BLOOD-RED, *adj.* Dearg mar fhuil, fuil-dhearg.

BLOOD-STAINED, *adj.* Ballach le fuil.

BLOOD-SIZED, *adj.* Smeurta le fuil, còmhdaichte le fuil.

BLOOD-STONE, *s.* Clach-fhola.

BLOOD-THIRSTY, *adj.* Fuilteach, fuileachdach, marbhtach.

BLOOD-VESSEL, *s.* Soitheach-fola, cuisle, fèith.

BLOOD-GUILTINESS, *s.* Mortadh, cionta-fola.

BLOOD-HOUND, *s.* Cù-luirg, gaothar seilge.

BLOODILY, *adv.* See Bloody.

BLOODINESS, *s.* 1. The state of being bloody: fuileachd, fuilteachas. 2. the disposition to shed blood: fuileachd, déidh air dòrtadh fola.

BLOODLESS, *adj.* 1. Without blood, dead: marbh, gun fhuil. 2. without slaughter: gun mharbh-

adh, neo-fhuilteach. 3. without spirit, or activity: marbh, neo-smiorail.

BLOOD-SHED, *s.* 1. The crime of blood, or murder: dòrtadh-fola, marbhadh. 2. slaughter, waste of life: àr, mortadh.

BLOOD-SHEDDER, *s.* Fear-dòrtaidh fola, mortair.

BLOOD-SHEDDING, *s.* Dòrtadh-fola.

BLOOD-SHOT, BLOOD-SHOTTEN, *s.* Fuil-thaomta, fuil-ruithteach, a' brùchdadh le fuil, fuileach.

BLOOD-SUCKER, *s.* 1. A leech, a fly, any thing that sucks blood: deal, creithleag, deòthladair fola. 2. a cruel man, a murderer: fear fuileachdach, mortair.

BLOOD-SUCKING, *adj.* A' sùghadh fola, a deòthal fola.

BLOOD-WARM, *adj.* Meagh-bhlàth, blàth mar fhuil.

BLOOD-WITE, *s.* Airgiod-fola, ùmhladh fola.

BLOODY, *adj.* 1. Stained with blood: fuileach, air a chrathadh le fuil. 2. cruel, murderous: fuilteach, fuileachdach, marbhtach, an-iochdmhor.

BLOODY-EYED, *adj.* Sùil-fhuilteach.

BLOODY-FACED, *adj.* Gnùis-fhuilteach.

BLOODY-FLUX, *s.* Geàrrach fola.

BLOODY-FLUXED, *adj.* Fuidh gheàrrach fola.

BLOODY-MINDED, *adj.* Neo-iochdmhor, fuilteach.

BLOODY-RED, *adj.* Fuil-dhearg, air dhath fola.

BLOOM, *s.* 1. A blossom: blàth. 2. the state of ripening to a higher perfection: ùr-fhàs, cinneachadh, snuadh na h-òige. 3. the blue colour upon plums and grapes newly gathered: snuadh, dreach.

BLOOM, *v. a.* et *n.* 1. Produce the blossom: thoir a mach blàth, thig fuidh bhlàth. 2. produce, as blossoms: thoir a mach meas, thoir toradh uait. 3. be in a state of youth and improvement: bi teachd fuidh bhlàth, fàs, cinn.

BLOOMINGLY, *adv.* A' teachd fuidh bhlàth, a' fàs, a' cinneachadh.

BLOOMY, *adj.* Làn bhlàth, blàthmhor, ùrar.

BLORE, *s.* Séideadh, oiteag, osnadh.

BLOSSOM, *s.* Blàth, bàrr-guc.

BLOSSOM, *v. n.* Cuir a mach blàth, thig fuidh bhlàth.

BLOSSOMY, *adj.* Làn bhlàth, blàthmhor.

BLOT, *v. a.* 1. Obliterate, make writing invisible, by covering it with ink: dubh a mach. 2. efface, erase: sgrìob as, cuir as. 3. make black spots on paper: salaich, cuir ball dubh air. 4. disgrace, disfigure: maslaich, cuir mi-dhreach air. 5. darken: duaichnich, dorchaich.

BLOT, *s.* 1. An obliteration of something written: dubhadh a mach, sgrìobadh as. 2. an extinction of light: dorchadh, smal, sgleò. 3. a blur, a spot upon paper: ball dubh, smal, sal. 4. a spot in reputation, a stain, disgrace: ball dubh, sal, cron, lochd, masladh.

BLOTCH, *s.* Leus, guirean, builgean.

BLOTCH, BLATCH, *v. a.* Dubhaich, dorchaich.

BLOTE, *v. a.* Tiormaich s' an deathach, croch 's an t-sùithe.

BLOTTING, *s.* Cur bhall dubh air, salachadh, dubhadh.

BLOW, *s.* 1. The act of striking: bualadh, slachdadh. 2. a stroke: buille, gleadhar, sgealp. 3. the fatal stroke, the stroke of death: buille-bàis, buille-chrìochnachaidh. 4. an act of hostility: buille, beum. 5. a sudden calamity: buille-thubaist. 6. a single action, a sudden event: grad-bhuille. 7. the act of a fly, by which she lodges eggs in flesh: luidhe cuileig. 8. bloom: blàth.

BLOW, *v. a.* et *n.* 1. Drive with the force of the wind: séid. 2. inflame with wind: séid suas, lìon le gaoth. 3. swell, puff into sizes: séid suas, at. 4. form into shape by the breath: séid suas, cuir gaoth ann. 5. sound an instrument of music: séid, cuir gaoth ann. 6. warm with the breath: analaich, séid le d' anail. 7. spread by report: craobh-sgaoil, foillsich, dean iomraideach. 8. extinguish by the wind, or the breath: séid as. 9. rise, or swell with breath: séid an àird le anail, bòc. 10. inflate with pride: séid le àrdan, at suas, bòc. 11. kindle: séid an àird, fadaidh. 12. move by afflatus: séid a suas, at. 13. burst with gunpowder, raise into the air: séid a suas, séid 's an athar. 14. infect with the eggs of flies: salaich le buille chuileig. 15. make stale: séid air sean phìob, aithris gnàth-fhocal cumanta. 16. make a current of air: bi séideadh. 17. pant, puff: bi geàrr analach, plosg. 18. sound with being blown: fuaimnich, séid. 19. sound, play musically by the wind: séid le inneal ciùil, dean caol-shéideadh. 21. pass away without effect: séid seachad, séid thairis. 22. bloom, or blossom: thig fuidh bhlàth, cuir blàth a mach.

BLOWER, *s.* 1. A melter of tin: leaghadair staoine. 2. he that bloweth what produces sound: fear-séididh inneil ciùil, fear-seinn. 3. that which draws up the fire in a stove, or chimney: pìob-tharruing 4. he which storms, or blows up: fear séididh 's an athar, fear-cuir 's na speuraibh.

BLOWING, Séideadh.

BLOWN, *adj.* Séidte, air at, bòcta.

BLOWPIPE, *s.* Pìob-shéididh.

BLOWTH, *s.* See Blossom.

BLOWZE, *s.* Caile phluiceach dhearg.

BLOWZY, *adj.* Ruiteach, dearg 's an aghaidh, loisgte leis a' ghrain.

BLUB, *v. a.* At, bòc.

BLUBBER, *s.* 1. The part of a whale which contains the oil: saill muice-mara. 2. sea-nettle: deanndag mhara.

BLUBBER, *v. a.* et *n.* 1. Swell the cheeks with weeping: at t' aghaidh le caoineadh, cuir glugadaich-guil air. 2. weep in such a manner as to swell the cheeks: dean glucadaich-guil, dean caoineadh aileagach.

BLUDGEON, *s.* Bata, slacan, cuaille.

BLUE, *adj.* Gorm.

BLUE, *s.* Guirmean.

BLUEBOTTLE, *s.* 1. A flower of the bell shape: gille-guirmein, gille gorm, gorman. 2. a fly with a large blue belly: cuileag mhòr.

BLUE-EYED, *adj.* Gorm-shuileach.

BLUE-HAIRED *adj.* Gorm-fhaltach, air am bheil falt gorm.

BLUELY, *adv.* See Blue, *adj.*

Blueness, *s.* 1. The quality of being blue: guirme, guirmead, gormachd. 2. the livid appearance of a wound: guirme.

Blue-veined, *adj.* Gorm-chuisleach.

Bluff, *adj.* 1. Big, surly, blustering: atmhor, bòcach, gruamach, glagach, àrd-bhriatharach. 2. not pointed, obtuse: maol, neo-gheur.

Bluffness, *s.* Gruamachd, iargaltas, doimheachd.

Bluish, *adj.* Liath-ghorm, air am bheil gorm eutrom.

Bluishness, *s.* Liath-ghuirmeachd.

Blunder, *v. a.* et *n.* 1. Mix foolishly, or blindly: coimheasg gu dall, cuir aon ni an àite ni eile. 2. make to blunder, or confound: cuir air mhearal, cuir air seacharan. 3. mistake grossly: rach mearachd, dean bladhmadaich, mearachdaich. 4. flounder, stumble: tuislich, tuit an iomrall.

Blunder, *s.* Mearachd, iomrall, tuisleadh.

Blunderbuss, *s.* Gunna peileireach, gunna-glaice.

Blunderer, *s.* Iomrallaiche, maolan, fear mearachdach.

Blunder-head, *s.* Maolan, umpaidh, clod-cheann.

Blunderingly, *adv.* Gu mearachdach, gu tuisleach.

Blunt, *adj.* 1. Dull on the edge: maol, neo-gheur, gun fhaobhar. 2. dull in understanding: maol, neo-gheur, neo-thuigseach, umpaidheil. 3. rough, not delicate, not civil: aineolach, mi-mhodhail. 4. abrupt, not elegant: neo-fhaicilleach, neo-chuimeir, aineolach. 5. hard to penetrate: cruaidh, teann, tiugh.

Blunt, *v. a.* 1. Dull the edge, or point: maolaich, thoir air falbh am faobhar. 2. repress, or weaken any appetite: thoir air falbh faobhar, maolaich, lagaich, ciosnaich.

Blunting, *s.* Maolachadh, lagachadh, taiseachadh.

Bluntly, *adv.* See Blunt, *adj.*

Bluntness, *s.* 1. Want of edge, or point, dulness: maoilead, cion-faobhair, neo-ghéiread, cion-tuigse. 2. coarseness, roughness of manners: mi-mhodhalachd, umpaidheachd.

Blunt-witted, *adj.* Clod-cheannach, neo-gheur, maol.

Blur, *s.* Ball salach, smal, sal.

Blur, *v. a.* 1. Obscure, without quite effacing: salaich, dorchaich, fàg duaichnidh. 2. blot, stain, sully: cuir ball salach air, tarruing smal air, fàg dubh.

Blurt, *v. a.* Labhair gun othail, leig uat gun aire.

Blush, *v. a.* et *n.* 1. Make red: maslaich, nàraich, cuir gu rughadh-gruaidhe. 2. betray, shame, or confusion: biodh rughadh-gruaidhe ort, fàs ruiteach. 3. carry a red colour: bi ruiteach.

Blush, *s.* 1. The colour in the cheeks raised by shame or confusion: rughadh, gnùis-nàire, ruiteag. 2. a red or purple colour: rughadh, deirge. 3. sudden appearance: sealladh grad, plathadh. 4. resemblance: coltas, samhladh.

Blushet, *s.* Caileag ruiteagach.

Blushful, *adj.* Ruiteagach, gnùis-nàrach.

Blushing, *s.* Rughadh, ruiteag, deirge.

Blushless, *adj.* Gun rughadh gruaidhe, mi-nàrach, ladarna.

Blushy, *adj.* Ruiteach, ruiteagach, gnùis-nàrach.

Bluster, *v. a.* et *n.* 1. Blow down: tilg sìos, buail gu talamh. 2. roar as the storm: beuc, dean toirm mar an sian, séid gu h-àrd. 3. bully, puff, be tumultuous: bagair, dean collaid, bi gleadhrach, dean glagaireachd.

Bluster, *s.* 1. Roar of storms, tempests: séideadh, gaillion, beucadh, toirm. 2. noise, tumult: collaid, gleadhraich, stairirich. 3. turbulence, fury: aimhreit, co-stri, àrd-chorruich. 4. boast, boisterousness: bagairt, bòsd, spagluinn.

Blusterer, *s.* Fear-bagairt, glagaire, fear-spagluinn, fear-ràiteachais, ceatharnach ladarna.

Blustering, *s.* Collaid, gleadhraich, aimhreit, stairirich.

Blusterous, *adj.* Collaideach, spagluinneach, aimhreiteach, bagarach.

Bo, *interj.* Ob! ob! bo!

Boar, *s.* Torc, cullach, fiadh-chullach.

Boar-spear, *s.* Torc-lann.

Board, *s.* A piece of wood of more length and breadth than thickness: bòrd, clàr, déile, mìr tana fiodha. 2. a table: bòrd. 3. entertainment, food: bòrd, cuirm, teachd-an-tìr. 4. a table at which a council or court is held: bòrd-cùirte, mòd. 5. an assembly seated at table, a court of jurisdiction: cùirt. 6. deck or floor of a ship: bòrd soitheich, bòrd-luinge, urlar-luinge.

Board, *v. a.* et *n.* 1. Enter a ship by force: bòrd, glac soitheach. 2. attack, accost another: dean suas ri, rach a labhairt ri. 3. lay, or pave with boards: còmhdaich thairis le bòrdaibh, dean 'n a ùrlar lobhta. 4. place as a boarder in another's house: cuir air bhòrd. 5. live in a house, where a certain rate is paid for eating: bi air bhòrd, gabh bòrd.

Board-wages, *s.* Dìoladh air son teachd-an-tìr, bòrd-thuarasdal.

Boarder, *s.* Fear-bùird, fear-dìolaidh air son a lòin.

Boarding school, *s.* Sgoil-bùird.

Boarish, *adj.* Aineolach mar mhuic, mucach, brùideil, an-iochdmhor, garg, fiadhaich.

Boast, *v. a.* et *n.* 1. Brag of, display with ostentatious language: dean uaill á, dean spagluinn, dean bòsd á. 2. magnify, exalt: meudaich, dean uaill á, cuir suas, dean bòsd á. 3. brag, display one's own worth or actions in great words: dean uaill, dean spagluinn, séid an àirde. 4. talk ostentatiously: labhair gu spagluinneach, dean bòsd. 5. exalt one's self: àrdaich do chliù féin, mòl thu féin.

Boast, *s.* 1. An expression of ostentation: bòsd, uaill, spagluinn. 2. a cause of boasting: cùis-uaill, aobhar-ràiteachais.

Boaster, *s.* Fear-uaill, fear-ràiteachais, glagaire, bòsdair.

Boastful, *adj.* Bòsdail, ràiteachail, mòr-chuiseach, spagluinneach.

Boastingly, *adv.* See Boastful.

Boastive, *adj.* An-dàna, ladarna.

Boastless, *adj.* Simplidh, iriosal, neo-bhòsdail.

Boat, *s.* 1. A vessel to pass the water in: bàta,

eithear, culaidh, sgoth, geòla. 2. a ship of a small size: birlinn, soitheach beag.

BOATION, *s.* Beuc, ràn, gleadhraich, iollach, nualan.

BOATMAN, BOATSMAN, } *s.* Fear-bàta, fear-aiseig.

BOATSWAIN, *s.* Fear-acfuinn luinge.

BOB, *v. a.* et *n.* 1. Cut: geàrr, beàrr dheth. 2. beat, drub, or strike: buail, slachduinn. 3. cheat, gain by fraud: meall, thoir an car á. 4. touch gently, especially at the elbow: bean gu fòil, thoir sanas uilinn do. 5. play backward and forward: cluich a ńull 's a ńall, luaisg. 6. bob, a technical term in angling: dean cluich ri.

BOB. *s.* 1. Something that hangs so as to play loosely: cluigean, ni air chrathadh, ni air luasgan. 2. the words repeated at the end of a stanza: athaithris, luinneag. 3. a blow: buille. 4. a worm used for a bait in angling: biathainne. 5. a bob-wig: gruag gheàrr, gruag chluigeanach. 6. a sneering joke: àbhachd fhochaideach.

BOBANCE, *s.* Spagluinn, ràiteachas.

BOBBIN, *s.* Iteachan.

BOBBIN-WORK, *s.* Obair iteachain.

BOBTAIL, *s.* Cutaiche, geàrr-earball.

BOBTAILED, *adj.* Cutach, geàrr-earballach.

BOB-WIG, *s.* Gruag gheàrr.

BODE, *v. a.* et *n.* 1. Portend: fàisnich, dean fiosachd, cuir air mhanadh. 2. be an omen, foreshew: innis ro-làimh, bi mar mhanadh.

BODE, *s.* 1. An omen: tuar-manaidh, comharradh. 2. delay, or stop: fuireach, moille, stad.

BODEMENT, *s.* Comharradh, tuar, manadh.

BODGE, *v. n.* Bi an teagamh, bi an ioma-chomhairle, stad, fàilnich.

BODGE, *s.* Leus guirein, briseadh-craicinn, càrr.

BODICE, *s.* Peiteag bheag, cliabhan-ceangail.

BODIED, *adj.* Corporra, corpaichte.

BODILESS, *adj.* Neo-chorporra, spioradail.

BODILINESS *s.* Corpachd, corporrachd.

BODILY, *adj.* 1. Corporeal, containing a body: corporra, aig am bheil corp. 2. relating to the body, not the mind: corporra, a bhuineas do'n chorp. 3. real, actual: làthaireach, corporra, fìrinneach.

BODILY, *adv.* See Bodily, *adj.*

BODING, *s.* Tuar, manadh, rabhadh, comharradh.

BODKIN, *s.* 1. A dagger: biodag. 2. an instrument with a small blade and a sharp point, used to bore holes: dealg. 3. an instrument to draw a thread through a loop: snàthad-tharruing, snàthad mhòr. 4. an instrument to dress the hair: dealg-fuilt.

BODY, *s.* 1. The material substance of an animal: corp, colunn. 2. matter, opposed to spirit: corp, colunn, ni neo-spioradail. 3. a person, a human being: neach, creutair, urra. 4. reality, opposed to representation: corp, bith, brìgh. 5. a collective mass, a joint power: meall, buidheann. 6. the main army: meadhon feachd, corp airm. 7. a corporation: cuideachd, comunn. 8. the main part, the bulk: corp. 9. a substance, matter as distinguished from other matter: corp, meall, gnè. 10. strength: spionnadh, treòir, neart.

BODY-CLOTHES, *s.* Eudach-cuirp, còmhdach each, brat each.

BODY, *v. a.* Dean corp, cuir an cruth ni.

BOG, *s.* Fèithe, boglach, eabar, poll, sùil-chruthaich.

BOG, *v. a.* Aoirneagaich, eabair, cuir fuidhe am boglach.

BOG-LAND, *adj.* Càtharach.

BOGLE, BOGGLE, } *s.* Bòcan, taibhse, tannasg.

BOGGLE, *v. n.* 1. Start, fly back: clisg, leum air t' ais. 2. hesitate, be in doubt: stad, bi an teagamh, ag. 3. play fast and loose, dissemble: bi mealltach, bi cealgach.

BOGGLER, *s.* Gealtair, fear lag mhisnich, duine gun spiorad.

BOGGLISH, *adj.* Gealtach, neo-mhisneachail, lag-chridheach.

BOGGY, *s.* Càtharach, bog, fèitheach.

BOG-HOUSE, *s.* Tigh-socair.

BOIL, *v. a.* et *n.* 1. Heat by putting into boiling water, seethe: dean teth, bruich. 2. be agitated by heat: goil, dean goil. 3. be hot, fervent, or effervescent: bi teth, bi dian, bi brais. 4. move with an agitation like that of boiling water: bi fuidh bhuaireas, goil. 5. be in hot liquor, in order to be made tender by the heat: bi an uisge teth, goil. 6. cook by boiling: deasaich le goil, goil, bruich, gréidh. 7. run over the vessel with heat: goil thairis.

BOIL, *s.* See Bile.

BOILER, *s.* 1. The person that boils any thing: goileadair, fear-bruich, còcaire. 2. the vessel in which any thing is boiled: goileadair, coire.

BOILERY, *s.* Tigh-goile, tigh-bruiche.

BOISTEROUS, *adj.* 1. Violent, loud, roaring, stormy: gailbheach, fuathasach, stoirmeil, doireannach. 2. turbulent, tumultuous, furious: tuaireapach, aimhreiteach, buaireasach, àrd-labhrach. 3. unwieldy, clumsy, violent: amhlaireach, tuaireapach, borb. 4. violently hot: loisgeach, teth.

BOISTEROUSLY, *adv.* See Boisterous.

BOISTEROUSNESS, *s.* Gailbheachd, stoirmealachd, doireannachd, tuaireapachd, borbachd.

BOLD, *adj.* 1. Daring, brave, stout, fearless: dàna, misneachail, calma, foghainteach, treun, neo-sgàthach. 2. executed with spirit: gaisgeil, fearail, tapaidh, treubhach. 3. confident, not scrupulous: dàna, misneachail, oscarach, neo-sgàthach. 4. impudent, rude: ladarna, mi-mhodhail. 5. licentious, shewing great liberty of fiction, or expression: dàna, ro-àrd, mi-ńàdurra, neo-choslach. 6. striking to the eye, standing out to the view: comharraichte, sònruichte, àraidh, a' seasamh a mach. 7. open, smooth, level: fosgailteach, réidh, farsuinn. 8. taking freedoms: dàna, tuilleadh is saor, mimhodhail.

BOLD, *v. a.* Dean dàna, dean fearail.

BOLDEN, *v. a.* Cuir misneach ann, dean dàna e.

BOLD-FACE, *s.* Bathais làidir, ladarnas, mi-mhodhalachd.

BOLD-FACED, *adj.* Bathaiseach, dàna, ladarna.
BOLDLY, *adv.* See Bold, *adj.*
BOLDNESS, *s.* 1. Courage, bravery, intrepidity: dànachd, misneachd, treuntachd, neo-sgàthachd. 2. exemption from caution and scrupulous nicety: gaisgeachd, fearalachd, tapachd, treubhachd. 3. freedom, liberty: dànachd, misneachd, oscarachd, neo-sgàthachd, fosgailteachd, saorsachd. 4. confident trust in God: earbsa, muinghinn, dànachd. 5. assurance, freedom from bashfulness: dànachd, misneachd, tapachd, neo-shaidealtachd. 6. impudence: ladarnas, mi-mhodhalachd, droch-oileau.
BOLE, *s.* 1. The body, or trunk of a tree: corp-craoibhe. 2. a kind of earth: gnè ùrach. 3. a measure of corn containing six bushels: tomhas bolla gu leth sìl.
BOLIS, *s.* Meall geal teine 's an athar, dreug.
BOLL, *v. n.* Bi fuidh fhrois.
BOLL, *s.* Cuinnlein déise, lurg déise.
BOLSTER, *s.* 1. Something laid on the bed to raise and support the head: adhart, cluasag, ceann adhairt. 2. a pad, or quilt to hinder any pressure, to fill up any vacuity: adhartan. 3. a pad, or compress to be laid on a wound: còmhdach-loit, adhartan, ceanglach air lot.
BOLSTER, *v. a.* 1. Support the head with a bolster: aghartaich, cum a suas le ceann-adhairt, càirich cluasag fuidh cheann. 2. afford a bed to: thoir aoidheachd, thoir cuid-oidhche do. 3. hold wounds together with a compress: bruth ri chéile, cuir air an aghart ri chéile. 4. support, hold up, maintain: cum taice ri, cum an àirde, cuir aghartan fuidhe.
BOLSTERED, *adj.* Séidte, bòcta.
BOLSTERER, *s.* Fear-cumail suas cinn, fear-cùil-taice, fear-dìona.
BOLSTERING, *s.* Taice, adhart.
BOLT, *s.* 1. An arrow, a dart shot from a cross-bow: saighead. 2. lightning, a thunder-bolt: dealan, dealanach, beithir. 3. *bolt upright*, that is upright as an arrow: cho dìreach ri saighead. 4. an iron to fasten the legs of a prisoner: geimheal. 6. a sieve: criathar, rideal.
BOLT, *v. a.* et *n.* 1. Shut, or fasten with a bolt: glais, druid le crann, crann, dùin. 2. blunt out, or throw out precipitantly: labhair gun smuaineachadh, labhair neo-fhaicilleach, dean bruidhean chabhagach. 3. fasten as a bolt, or pin, keep together: dùin, daingnich le crann, cum ri chéile. 4. fetter, shackle: geimhlich, cuir an geimhlibh. 5. sift: criathair, rideil. 6. examine by sifting: rannsaich gu min, criathair, faigh a mach. 7. purify, purge: glan. nigh o shal. 8. spring out with speed and suddenness: grad-leum, briosg.
BOLT-ROPE, *s.* Còrd-fàitheim siùil, còrd aòire siùil, aoir.
BOLTER, *s.* 1. A sieve to separate meal from bran: criathar. 2. a kind of net: seòrsa de lìon-glacaidh.
BOLTER, *v. a.* Smeur thairis, còmhdaich le salchar.
BOLTING-HOUSE, *s.* Tigh-criathraidh.
BOLTING-TUB, *s.* Cisde-chriathraidh tuba-chriathraidh, pill.
BOLTSPRIT, BOWSPRIT, *s.* Crann uisge, crann-spreòid luinge.
BOLUS, *s.* Cungaidh-leighis.
BOMB, *s.* 1. A loud noise: toirm, àrd-fhuaim. 2. a hollow iron ball, or shell filled with gun-powder: toirm-shlige, peileir bloighdeach. 3. the stroke upon a bell: clag-fhuaim, buille cluig.
BOMB, *v. a.* et *n.* 1. Fall upon with bombs, bombard: tilg peileirean bloighdeach air, thoir ionnsuidh le toirm-shlige, cuir gunna mòr ris. 2. sound, emit a noise: fuaimnich, thoir bragh asad.
BOMBARD, *s.* 1. A great gun, a cannon: gunna mòr. 2. a barrel, or large vessel for holding liquors: baraille, soitheach dibhe.
BOMBARD, *v. a.* See Bomb, *v. a.* et *n.* 1.
BOMBARDIER, *s.* Gunnadair thoirm-shligean.
BOMBARDMENT, *s.* Séisd thoirm-shligean, ionnsuidh le peileiribh bloighdeach.
BOMBAST, *s.* 1. A stuff of soft loose texture, used formerly to swell the garment: lìnig, lìnigeadh. 2. fustian, big words without meaning: spagluinn, baoth-chainnt, sgopraich-bhruidhne, àrd-ghlòir.
BOMBAST, *adj.* Àrd-ghloireach, baoth-chainnteach, spagluinneach.
BOMBAST, *v. a.* Séid suas, lìon le baoth-chainnt.
BOMBASTIC, *adj.* See Bombast, *adj.*
BOMBASTRY, *s.* See Bombast, sense 2.
BOMBILLATION, *s.* Fuaim, farum, toirm, gleadhraich, bragh, dranndan.
BOMBYCINOUS, *adj.* Siòdail, air a dhèanamh de shìoda.
BOMBYX, *s.* An durrag shìoda.
BONAIR, *adj.* Sìobhalt, so-lùbaidh, iriosal.
BONASUS, *s.* Damh fiadhaich, damh allda.
BONCHIEF, *s.* Deadh thuiteamas, deadh chrìoch.
BOND, *s.* 1. Cords, or chains with which any thing is bound: ceangal, cuibhreach, bann, còrd. 2. ligament that holds any thing together: ceangal, còrd. 3. union, connexion: bann, bann-ceangail, comh-cheangal. 4. chains, imprisonment, captivity: geimhlichean, cuibhrichean, braighdeanas. 5. cement of union, link of connexion: bann-ceangail, lùbag-aonaidh. 6. a writing of obligation to pay a sum: bann, daingneachadh, sgrìobhadh. 7. obligation, law by which any one is obliged: ceangal, gealladh.
BOND, *adj.* Ceangailte, tràilleil, daor, fuidh bhruid.
BONDAGE, *s.* 1. Captivity, imprisonment: braighdeanas, daorsa, bruid, tràillealachd. 2. obligation, tye of duty: ceangal, comain.
BONDMAID, *s.* Ban-tràill, bean an daorsa.
BONDMAN, *s.* Tràill, tràill-òglach.
BONDSERVANT, *s.* Tràill, neach an daorsa.
BONDSERVICE, *s.* Tràillealachd, daor-chìs.
BONDSLAVE, *s.* Tràill.
BONDSMAN, *s.* 1. A slave: tràill. 2. a person giving security for another: urras, fear-urrais, ràthan.
BONDSWOMAN, BONDWOMAN, *s.* Ban-tràill.

Bone, *s.* 1. The solid parts of the body of an animal made up of hard fibres: cnàimh. 2. a fragment of meat, a bone with as much flesh as adheres to it: cnàimh-feòla.

Bone, *v. a.* Cnàimhich, thoir na cnàmhan as.

Bone-ache, *s.* Goirteas cnàimhe, dòghruinn an cnàimh.

Boned, *adj.* Cnàmhach, mòr, garbh, làidir.

Bone-lace, *s.* Obair lìn.

Boneless, *adj.* Gun chnàimh.

Boneset, *v. n.* Cuir 'n a alt, altaich, cuir 'n a chéile.

Bonesetter, *s.* Léigh chnàmh, olla chnàmh.

Bonfire, *s.* Tein-aighir, tein-aoibhneis.

Bongrace, *s.* Brat-sgàile, còmhdach bathais.

Bonify, *v. a.* Tionndaidh gu buannachd, dean feumail.

Bonity, *s.* Maitheas.

Bon-mot, *s.* Àbhachd, freagairt àbhachdach.

Bonnet, *s.* Boineid, biorraid, ceann-chòmhdach, currachd, ceann-aodach.

Bonnet, *v. n.* Dean ùmhlachd, thoir boineid gu làr.

Bonnibel, *s.* Rìbhinn, steudag, maise-mnà.

Bonnilass, *s.* Nighean àluinn, maise-mnà.

Bonnily, *adv.* See Bonny.

Bonny, *adj.* 1. Handsome, beautiful: bòidheach, maiseach, sgiamhach, àluinn, eireachdail. 2. gay, merry, frolicsome: cridheil, gàireach, laghach, sunndach, suilbhir. 3. in conversation, plump: moileanach, tlachdmhor.

Bony, *adj.* 1. Consisting of bones: cnàmhach, cnàimheach. 2. strong, having large bones: làidir, garbh, mòr-chnàmhach.

Booby, *s.* Buimilear, clod-cheann, umpaidh, asal.

Book, *s.* 1. A volume in which we read or write: leabhar, sgrìobhadh, ròl. 2. a particular part of a work: leabhar, earrann. 3. the register in which the trader keeps an account of his debts: leabhar, leabhar-cunntais. 3. *in books*, in kind remembrance: ann an leabhraichibh, an cuimhne. 4. *without book*, by memory: gun leabhar, air meadhail, air teanga.

Book, *v. a.* 1. Register in a book: cuir sìos an leabhar, sgrìobh an leabhar. 2. have a knowledge of books: bi leabhrach, bi d' shàr sgoilear.

Book-keeper, *s.* Fear-cumail leabhraichean cunntais, sgrìobhair, cléireach, fear-gleidhidh chunntas.

Book-keeping, *s.* Eòlas riann-chunntais, leabhar-choimhead.

Book-binder, *s.* Leabhar-cheangladair, leabhar-cheanglair.

Book-case, *s.* Leabhar-lann.

Bookish, *adj.* Leabhrach, gnàth-ɫeughach, déigheil air leabhraichean.

Bookishly, *adv.* See Bookish.

Bookishness, *s.* Dian-ɫeughadaireachd.

Book-land, *s.* Fearann-còrach.

Booklearned, *adj.* Foghluimte, eòlach mu ɫeabhraichibh.

Booklearning, *s.* Ionnsachadh, sgoilearachd.

Bookless, *adj.* Neo-shuimeil mu ɫeabhraichibh, neo-ɫeabhrach.

Bookmaking, *s.* Leabhar-dheanamh.

Bookman, *s.* Sgoilear, fear-ɫeabhraichean.

Bookmate, *s.* Co-fhoghlumuiche, companach-sgoile, co-sgoilear.

Book-oath, *s.* Mionnan-bìobaill.

Bookseller, *s.* Reiceadair ɫeabhraichean, leabhar-ɫeicear.

Bookworm, *s.* 1. A worm or mite that eats holes in books: reudan-leabhair, leòmann. 2. a student too closely given to books: fear dian leughach, fear ro-thoigheach mu fhoghlum.

Boom, *s.* 1. A long pole used to spread out the clue of the studding sail, &c.: crann sgòid. 2. a pole with bushes or baskets, set up as a mark to shew the sailors how to steer in the channel when the country is overflown: crann-seòlaidh na slighe. 3 a bar of wood laid across a harbour to keep off the enemy: stairsneach acarsaid, spàrr dìona acarsaid.

Boom, *v. n.* 1. Rush with violence: ruith gu luath, dìan-ɫuith. 2. swell and fall together: tulg, luasgain air bhàrr tuinne.

Boon, *s.* Tiodhlac, tabhartas, gean-maith, saor-thabhartas.

Boon, *adj.* 1. Gay, merry: cridheil, aighearach, sunndach, aobhach, ait. 2. kind, bountiful: caoimhneil, fiùghantach.

Boor, *s.* Balach, ludar, òglach cumanta, uipear, umpaidh.

Boorish, *adj.* Ludarach, neo-sgiobalta, uipearach mi-mhodail, neo-oileanta.

Boorishly, *adv.* See Boorish.

Boorishness, *s.* Ludarachd, neo-sgiobaltachd, uipearachd, mi-mhodhalachd.

Boose, *s.* Buathal, bualaidh.

Boot, *v. a.* 1. Profit, advantage: tairbhich, buannaich, coisinn. 2. enrich, benefit: saoibhrich, dean feum do.

Boot, *s.* 1. Profit, gain, advantage: buannachd, cosnadh, tairbhe. 2. (*to boot*), with advantage, over and above: barrachd, tuilleadh. 3. plunder: cobhartach, creach, faobh. 4. a covering for the legs used by horsemen: bòtuinn, cas-bheart. 5. a kind of rack for the leg: bòtuinn iaruinn. 6. the space between the coachman and the coach: ionad-toisich carbaid.

Boot, *v. a.* Bòtuinnich, cuir ort bòtuinnean.

Boot-catcher, *s.* Gille-bhòtuinn.

Boot-hose, *s.* Mogan, geàrr-osan.

Boot-tree, *s.* Ceap bhòtuinnean.

Booted, *adj.* Bòtuinneach.

Booth, *s.* Bùth, pàilliunn, pùbull, mainnir, bothan.

Bootless, *adj.* 1. Useless, unprofitable, unavailing: neo-tharbhach, neo-fheumail, neo-stàthach, dìomhain, faoin. 2. without success: neo-shoirbheasach, neo-bhuadhach.

Bootlessly, *adv.* See Bootless.

Booty, *s.* 1. Plunder, pillage: cobhartach, creach, spùinneadh. 2. things gotten by robbery: spùinneadh, creach, cobhartach-ɫeubainn. 3. (*to play booty*), dishonest play, with an intent to lose: cluich cuilbheartach, tabhartas cuilbheartach.

Bopeep, *s.* Folach-fead, dìdeagaich.
Borable, *adj.* So-thollaidh, a ghabhas tolladh.
Boramez, *s.* Lus an uain, lus leth-bheathach.
Borax, *s.* Salann glaodhaidh, salann tàthaidh.
Borborygm, *s.* Rugadaich, fuaim mionaich.
Bordage, *s.* Seilbh fearainn bùird.
Bord-lands, *s.* Fearunn bùird, fearunn cosg tighe.
Bordel, } *s.* Tigh shiùrsach, druis-thigh.
Bordello, }
Bordeller, *s.* Fear-gléidhidh tigh-shiùrsach.
Border, *s.* 1. The outer part or edge of any thing: oir, bil, crìoch, iomal, bruach. 2. the march or edge of a country: crìoch, iomall, oirthir. 3. the outer part of a garment: oir, iomall, bil. 4. a bank raised round a garden, and set with flowers: oir, taobh.
Border, *v. a.* et *n.* 1. Adorn with a border of ornaments. See Imborder. 2. reach, touch, confine upon: ruig, bean, buail, crìochnaich ri. 3. keep within bounds: cuir crìoch ri, cum a stigh. 4. confine upon, touch something else at the side or edge: crìochnaich ri, bean ri. 5. approach nearly to: bi teann air, bi 'n taice ri, bi dlùth do, bi 's a' chrìch.
Borderer, *s.* 1. He that dwells on the borders: crìochadair, fear-àiteach nan crìoch. 2. he that approaches near to another: coimhearsnach, nàbuidh.
Bordraging, *s.* Ruaig chreach nan crìoch, ionnsuidh chrìoch.
Bore, *v. a.* et *n.* 1. Pierce in a hole: toll, geàrr toll. 2. hollow: cladhaich, tocail, toll. 3. make, by piercing: toll, fosgail le tolladh, cladhaich. 4. pierce, break through: toll trid, cladhaich trid. 5. make a hole: dean toll. 6. push forward towards a certain point: cum air aghart.
Bore, *s.* 1. The hole made by boring: toll. 2. the instrument with which a hole is bored: tora, boireal, inneal-tollaidh. 3. the size of any hole, the cavity: toll, fosgladh, farsuingeachd. 4. a tide swelling above another tide: àrd-làn mara, làn os ceann làin eile.
Bore, *pret.* of Bear, which see.
Boreal, *adj.* Tuathach, 's an àirde tuath.
Boreas, *s.* A' ghaoth tuath.
Borecole, *s.* See Cabbage.
Borer, *s.* Inneal-tollaidh, tora, boireal.
To be born, *v. n.* et *pass.* 1. Come into life: bi beirte. 2. spoken with regard to circumstances; as, he was born a prince: rugadh e 'n a phrionnsa. He was born for greatness: rugadh e air son a bhi mòr.
Borne, *part. pas.* Giùlainte, air a ghiùlan.
Borough. 1. Anciently a surety: urras, ràthan. 2. a town with a corporation: baile mòr, bailemargaidh.
Borrow, *v. a.* 1. Take something from another upon credit: gabh air dhàil, gabh an coingheall. 2. ask of another the use of something for a time: iarr coingheall, iarr iasachd, 3. take something belonging to another: gabh iasad, gabh cuid fir eile. 4. use as one's own though not belonging to one: gabh mar do chuid féin, thoir o.
Borrow, *s.* 1. The thing borrowed: iasad, coingheall. 2. a pledge, a surety: geall.
Borrower, *s.* 1. He that borrows: fear-iasaid, fear-gabhail an coingheall. 2. he that takes what is another's, and uses it as his own: gaduiche, fear-iasachd mhi-mhodhail.
Borrowing, *s.* Iasad, iasachd, coingheall.
Boscage, *s.* 1. Wood or woodlands: coille, doire, fearann coillteach. 2. the representation of woods: samhladh choilltean, dealbh choilltean.
Bosh, *s.* Dealbh, samhladh.
Bosky, *adj.* Coillteach, preasach, coillteachail.
Bosom, *s.* 1. The embrace of the arms holding any thing to the breast: uchd, pasgadh-uchd, dlùthachadh brollaich. 2. the breast, the heart: uchd, brollach, broilleach, cridhe. 3. the folds of the dress that cover the breast: uchd, brollach, uchd-éideadh. 4. inclosure, compass, embrace: uchd, meadhon, caidreamh. 5. the breast, as the seat of the passions: uchd, cridhe. 6. the breast as the seat of tenderness: uchd, cridhe. 7. the breast as the receptacle of secrets: uchd, cridhe. 8. any receptacle close or secret: ionad dìomhair, uchd. 9. the tender affections, kindness, favour: uchd-gràidh, caoimhneas. 10. inclination, desire: rùn, togradh. 11. (in composition), intimacy, confidence, as, bosom friend: uchd, caraid-uchd.
Bosom, *v. a.* 1. Inclose in the bosom: achlaisich, càirich ri d' bhroilleach, dlùthaich ri d' uchd, caidrich. 2. conceal in privacy: folaich 'n a d' uchd, ceil.
Boss, *s.* 1. A stud, an ornament raised above the rest of the work: copan snasmhor, snas-chopan. 2. the part rising in the midst of any thing: copan, cop, éiridh, cnap, bucaid. 3. a thick body of any kind: cnap, meall, bucaid, pluc.
Bossed, *adj.* Copanaichte.
Bossage, *s.* 1. Any stone that has a projecture, and is laid in a place in a building to be afterwards carved: clach chopanach. 2. rustic work consisting of stones with indentures or channels left in the joinings: clachaireachd chopanach.
Bossive, *adj.* Cam, crotach.
Bossy, *adj.* See Bossed.
Bosvel. *s.* Crotha 'n eich.
Botanic, *s.* Lusragan.
Botanical, } *adj.* Luibheach, lusach, aig am bheil
Botanic, } eòlas air lusan.
Botanically, *adv.* See Botanical.
Botanist, *s.* Lusragan, olla-lus.
Botany, *s.* Eòlas luibheam, lus-eòlas.
Botch, *s.* 1. A swelling or eruptive discoloration of the skin: leus, guirean, plucan. 2. a part in any work ill finished: earrann chearbach.
Botch, *v. a.* 1. Mend or patch clothes clumsily: clùd, clùdaich, càirich gu neo-shnasmhor. 2. mend any thing awkwardly: càirich gu neo-shnasmhor, cuir neo-ealanta r' a chéile. 3. put together unsuitably: cuir neo-fhreagarrach r' a chéile, cuir

còmh-la gu neo-sheòlta. 4. mark with botches: cuir ailtean air, cuir leusan air.

Botcher, *s.* Tàillear clùdach, clùdair, bréidear.

Botchy, *adj.* Leusach, leusachail, clùdach, bréideach.

Bote, *s.* 1. A compensation for a man slain: ìocadh air son marbhaidh, dìoladh mortaidh, éiric. 2. used for any payment: ìocadh, dìoladh, luigheachd.

Both, *adj.* Le chéile, 'n an dithis, araon.

Both, *conj.* Araon, cuideachd, cho maith, mar an ceudna.

Bother, *v. a.* Sàruich, sgìthich, cuir dragh air.

Botryoid, *adj.* Bagaideach, cluigeanach.

Bots, *s.* Botuis each.

Bottle, *s.* 1. A small vessel of glass, or other matter, with a narrow mouth, to put liquors in: searrag, botul. 2. a quantity of wine usually put into a bottle, a quart: botul, càrt, searrag-càirt. 3. a quantity of hay or grass bundled up: muillean, trusan, achlasan. 4. (in composition), bottle-companion: companach-botuil, companach-searraig.

Bottle, *v. a.* Cuir an searragaibh, botulaich.

Bottled, *adj.* Bronnach, air am bheil brù air chumadh searraig.

Bottle-screw, *s.* Bidhis, sgrobha.

Bottling, *s.* Botulachadh, cur deoch an searragaibh.

Bottom, *s.* 1. The lowest part of any thing: ìochdar, màs, grunnd. 2. the ground under the water: ìochdar, grunnd, aigeal. 3. the foundation, the ground work: bun, bunait, ìochdar, stéidh, bonn. 4. a dale, valley or low ground: gleann, srath, fearann ìosal. 5. the part most remote from the view, the deepest part: grunnd, ìochdar. 6. bound, limit: crìoch, ceann, grunnd. 7. the utmost extent of any man's capacity whether deep or shallow: doimhneachd, doimhne, grunnd. 8. the last resort, the remotest cause, first motion: ceud thùs, grunnd, bun. 9. a ship, a vessel for navigation: long, soitheach. 10. a chance, an adventure: cunnart, deuchainn. 11. a ball of thread wound up together: ceirsle. 12. (*bottom*) of a lane: bun, ìochdar, ceann iosal. 13. grounds or dregs: grùid, deasgann.

Bottom, *v. a.* et *n.* 1. Build upon: tog air, bunaitich, stéidhich, suidhich. 2. wind upon, twist thread upon: tachrais, trus uime. 3. rest upon as its ultimate support: bi air do shuidheachadh air, bi stéidhichte air, bunaich air.

Bottomed, *adj.* Màsach, aig am bheil ìochdar, no grunnd.

Bottomless, *adj.* Gun ìochdar, gun ghrunnd, gun aigeal.

Bovate, *s.* Àr bliadhna, cuing dhamh.

Boud, *s.* Daol, durrag.

Bouge, *s.* At a mach, bòc, séid suas.

Bouge, *s.* Lòn, teachd-an-tìr.

Bough, *s.* Meur, geug, meangan, fiùran.

Bought, *part.* Ceannaichte.

Bought, *s.* 1. A twist, a link, a knot: lùb, lùbag, snaidhm. 2. a flexure: cromadh, lùbadh. 3. that part of a sling which contains the stone: glac, meadhon.

Boughty, *adj.* Crotach, crom, lùbach.

Bouillon, *s.* Eun-bhrigh, sùgh feòla, brochan.

Boult, *v. a.* See Bolt.

Bounce, *v. n.* 1. Fall, or fly against any thing with a great force: leum ri, buail ri. 2. spring, make a sudden leap: leum, thoir sìnteag, thoir sùrdag. 3. make a sudden noise: glaodh, fuaimnich. 4. boast, bully: bi spagluinneach, bagair, dean bòsd, dean uaill. 5. be bold, or strong: bi ladarna, bi dàna, bi làidir. 6. be very excellent, applied to the fair sex: bi ro thaitneach.

Bounce, *s.* 1. A strong sudden blow: grad-choilleag, buille gun fhios. 2. a sudden crack, or noise: bragh, crac, farum. 3. a boast, a threat: bòsda, spagluinn, bagradh, dùlan.

Bouncer, *s.* Gaothair, fear-spagluinn, fear-bagraidh, fear-dùlain.

Bound, *s.* 1. A limit, a boundary: crìoch, iomall, ceann. 2. a limit by which any excursion is restrained: crìoch. 3. a leap, a jump, a spring: leum, cruinn-leum, sùrdag, sìnteag. 4. a rebound: leum air ais, ath-leum.

Bound, *v. a.* et *n.* 1. Limit, terminate: crìochnaich, cuir crìoch ri. 2. restrain, confine: bac, pill, druid a stigh, dùin, glais. 3. make to bound: thoir air leum. 4. rebound: leum air t' ais, ath-leum. 5. jump, spring, move forwards by leaps: leum, thoir sìnteag, sùrdagaich, dean frith-leumnaich.

Bound, *part.* Ceangailte.

Bound, *adj.* Suidhichte air dol, a' rùnachadh dol.

Boundary, *s.* Crìoch, comharradh-crìche, ceann, iomall.

Bounden, *part.* Ceangailte, an comain.

Boundenly, *adv.* See Bounden.

Bounder, *s.* 1. A limiter, he who imposes bounds: fear-crìochnachaidh, fear-cuir chrìochan ri. 2. a boundary. See Boundary.

Bounding-stone, } *s.* Clach-cluiche, clach cleas-
Bound-stone, } achd.

Boundless, *adj.* Neo-chrìochnach, gun cheann.

Boundlessness, *s.* Neo-chrìochnachd.

Bounteous, *adj.* Fiùghantach, tabhartach, pàirteachail, fialaidh, toirbheartach, maitheasach.

Bounteously, *adv.* See Bounteous.

Bounteousness, *s.* Fiùghantachd, toirbheartachd, fialachd, maitheas.

Bountiful, *adv.* See Bounteous.

Bountifully, *adv.* See Bounteous.

Bountifulness, *s.* Tabhartachd, fiùghantachd, fialachd, pàirteachd.

Bounty *s.* 1. Generosity, liberality: toirbheartas, fialachd, pàirteachd, aoidheachd, tiodhlac. 2. goodness: maitheas.

Bouquet, *s.* Blàth-fhleasg, bagaid lusan cùbhraidh.

Bourd, *v. n.* Bi àbhachdach, bi ri fearas-chuideachd.

Bourd, *s.* Àbhachd, fearas-chuideachd, feal a dhà.

Bourder, *s.* Fear àbhachd.

Bourdingly, *adv.* Gu h-àbhachdach, am feal a dhà.

Bourgeon, *v. n.* Meanglanaich, failleanaich.

Bourn, *s.* 1. A bound, a limit: crìoch, iomall, oir, ceann. 2. a brook, a torrent: sruthan, allt, bras-shruth, beum-sléibhe.

Bouse, *v. a.* et *n.* 1. Swallow: sluig. 2. drink lavishly: òl gu saoibhir, bi pòit.

Bousy, *adj.* Misgeach, air mhisg, froganach, soganach.

Bout, *s.* Tionndadh, car, greis, seal.

Boutade, *s.* Neònachas, faoineas, amaideachd.

Boutisale, *s.* Saor-reic, margadh saor.

Bow, *v. a.* et *n.* 1. Bend, or inflect: crom, lùb, cam, claon. 2. bend the body in token of respect or submission: sleuchd, crom a sìos, lùb do ghlùn, dean ùmhlachd, strìochd. 3. bend, or incline in condescension: crom, lùb. 4. depress, crush: crom, bruth, sàruich. 5. bend, or suffer, flexure: crom, crùb, lùb. 6. make reverence: bi cromadh, sleuchd, ùmhlaich. 7. stoop: crom, lùb. 8. sink under pressure: crom, tuit sìos fuidh.

Bow, *s.* 1. An act of reverence, or submission: cromadh, lùbadh, sleuchdadh, ùmhlachd. 2. an instrument to shoot arrows with: bogha, bogha saighde. 3. a rainbow: bogha-fraise. 4. the instrument with which string instruments are struck: bogha, bogha-ciùil, bogha inneil ciùil. 5. the doubling of a string in a slip knot: lùbag, lùb, snaidhm-ruithe. 6. a yoke: cuing. 7. bow of a saddle: bogha-diallaide. 8. bow of a ship: toiseach.

Bow-bearer, *s.* Boghadair, maor-frìdhe am frìdh an righ.

Bowbent, *adj.* Cam, lùbta.

Bow-hand, *s.* Làmh-tarruing a' bhogha, làmh-bogha, làmh-saighde, an làmh dheas.

Bow-leg, *s.* Lurg cham, no, chrom.

Bow-legged, *adj.* Cam-chosach, lùgach.

Bow-shot, *s.* Urchair-saighde.

Bowable, *adj.* So-lùbaidh, furasd impidh a chur air.

Bowel, *v. a.* Thoir a mach am mionach, thoir an innidh as.

Bowel-less, *adj.* An-iochdmhor, mi-chneasta, neo-thruacanta, cruaidh-chridheach.

Bowels, *s.* 1. The intestines: mionach, innidh. 2. the inner part of any thing: mionach, taobh stigh. 3. the seat of pity, or kindness: cridhe, com. 4. tenderness, compassion: innidh-thròcaire, caomhalachd, iochd, truas.

Bower, *s.* 1. A chamber, a private retirement: seòmar, bùth. 2. a cottage: bothan, bùth. 3. any abode, or residence: tigh, bùth. 4. a shady recess: sgàil-thigh, bothan-samhraidh. 5. one of the muscles which bend the joints: fèithe-chrupaidh. 6. anchors so called: achdair luinge.

Bower, *v. a.* et *n.* 1. Embower, enclose: cuir an sgàil thigh, cuir am bùth. 2. lodge: còmhnuich, tog d' ionad tàimh.

Bowery, *adj.* Sgàileach, bothanach, fionnar, dubharach.

Bowge. See Bouge.

Bowingly, *adv.* Gu crom, gu lùbta.

Bowl, *s.* 1. A vessel to hold liquids: cuach, cupan, soitheach cruinn dibhe. 2. the hollow part of any thing: lag, lagan. 3. a basin, or fountain: amar, tobar. 4. a round mass which may be rolled along the ground: ball cruinn, ball cluiche.

Bowl, *v. a.* et *n.* 1. Roll as a bowl: rol. 2. pelt with any thing rolled: buail le rolladh. 3. play at bowls: cluich le buill.

Bowling-green, *s.* Àilean-bhall, réidhlean bhall.

Bowman, *s.* Boghadair, fear-bogha.

Bownet, *s.* Cliath iasgaich.

Bowse, *v. n.* An so, cuideachd, tarruing cò-luath.

Bowsprit, *s.* Crann-spreòid, crann-uisge.

Bowssen, *v. a.* Bogaich, fliuch, taisich.

Bowstring, *s.* Sreang-bogha, taifid.

Bowyer, *s.* 1. An archer: boghadair, fear-bogha. 2. one whose trade is to make bows: fear-dèanaimh bhoghachan, saor bhoghachan.

Box, *s.* 1. A case made of wood, or other matter, to hold any thing: bocsa, cobhan, ciste. 2. the case of the mariners compass: bocsa na cairt-iùil, ciste-chompaiste. 3. the chest into which money given is put: bocsa 'n airgid. 4. seats in a play-house where the ladies are put: na suidheagain a 's urramaiche an tigh cluiche. 5. a stroke: buille, gleadhar, cnap. 6. boxwood: bucsa, fiodh-bucsach.

Box, *v. a.* et *n.* 1. Inclose in a box: cuir an tasgaidh, càraich am bocsa. 2. rehearse the several points of the compass in their proper order: aithris an òrdugh gach àird do'n chairt iùil. 3. fight with the fists: bocsaich, cnapaich, dean cath dhòrn, dòrnaich, thoir sgailleag do.

Boxen, *adj.* 1. Made of box: bucsach, air a dheanamh do dh'fhiodh bucsach. 2. resembling box: bocsach, air dhreach an fhiodha bhucsaich.

Boxer, *s.* Bocsair, fear-iomairt dhòrn, fear-casgairt.

Boy, *s.* 1. A male child, not a girl: leanabh mic, leanabh gille, giullan, macan. 2. one in the state of adolescence: giullan, gille, balachan, òganach. 3. a word of contempt for young men as noting their immaturity: sean-ghille, giullan.

Boyblind, *adj.* Neo-léirsinneach, neo-fhiosrach.

Boyhood, *s.* Òige, òg-aois.

Boyish, *adj.* 1. Belonging to a boy: leanabail, a bhuineas do bhalachan òg. 2. childish, trifling: leanabail, faoin, socharach, neo-stéidheach.

Boyishly, *adv.* See Boyish.

Boyishness, *s.* Leanabas, leanabaidheachd, faoineachd.

Boyism, *s.* 1. Puerility, childishness: leanabas, leanabaidheachd. 2. the state of a boy: òige, òigead.

Boys-play, *s.* Cluich giullain.

Brabble, *s.* Connsachadh, iorghuill, tuasaid, strì, gleadhraich.

Brabble, *v. n.* Connsaich, dean strì-ghleadhraich.

Brabber, *s.* Fear-còmhstri, buaireadair, fear-gleadhraich.

Brace, *v. a.* 1. Bind, tie close with bandages: ceangail, cuir bann air, teannaich, daingnich. 2. make tense, strain up: dean teann, daingnich, tarruing r' a chéile. 3. surround, encompass: cuairtich, iadh uime.

Brace, *s.* 1. Cincture, bandage: crios, bann, ceangal, teannadan. 2. that which holds any thing tight: teannadan, ceangal, bann, crios, iall-theannaidh. 3. harness: asair, fasair. 4. warlike pre-

paration: armachd, uidheam-cogaidh. 5. the armour for the arm: sgiath, làmh-dhìon. 6. tension, tightness: teannachadh, daingneachadh. 7. a pair: paidhir, dithis, cupull. 8. generally used in conversation as a sportman's word: paidhir, dithis, cupull. 9. applied to men in contempt: cupull, paidhir, dithis.

BRACELET, *s.* 1. An ornament for the arms: làmhfhail, usgar-làimhe. 2. a piece of defensive armour for the arm: sgiath.

BRACER, *s.* 1. A cincture, a bandage: teannadan, crios, bann-teannachaidh. 2. a medicine of constringent power: ìoc-shlaint ṅeartachaidh, cungaidh dhaingneachaidh. 3. armour for the arm: sgiath.

BRACH, *s.* Galla-thòlair, saidh.

BRACHIAL, *adj.* Gàirdeanach, a bhuineas do 'n ghàirdean.

BRACK, *s.* Bealach, beàrn, briseadh.

BRACKEN, *s.* Raineach.

BRACKET, *s.* Ealchainn.

BRACKISH, *s.* Saillte, air bhlas an t-sàile.

BRACKISHNESS, *s.* Saillteachd, neo-ùraireachd.

BRACKY, *adj.* See Brackish.

BRAD, Toiseach focail, a' ciallachadh leathann.

BRAG, *v. n.* Dean uaill, bi ràiteachail, dean bòsd, dean spagluinn, dùlanaich.

BRAG, *s.* 1. Boast, proud expression: uaill, ràiteachas, bòsd, spagluinn. 2. the thing boasted: uaill, glòir, aobhar-uaill.

BRAG, *adj.* Uaibhreach, mòr-chuiseach, stràiceil, bòsdail, ràiteachail.

BRAGGADOCIO, *s.* Fear spagluinneach, gaothaire, fear mòr-uaill.

BRAGGARDISE, *s.* Bragaireachd, uaill, bòsd, faoinghlòir, spagluinn.

BRAGGARDISM, *s.* Spagluinneachd, uailleachd, bòsd.

BRAGGARD, *s.* See Braggadocio.

BRAGGART, *adj.* Bòsdail, stràiceil, ràiteachail, spagluinneach.

BRAGGER, *s.* See Braggadocio.

BRAGLESS, *adj.* Gun uaill, neo-uaibhreach, neo-stràiceil.

BRAGLY, *adv.* Gu breagha, gu ṙo thaitneach.

BRAID, *v. a.* 1. Weave together: figh, dualaich, cuir an cleachdaibh dualach. 2. upbraid, reproach. See Upbraid.

BRAID, *s.* 1. A texture, a complication of something woven together: dual, ni fighte 'ṅ a dhualaibh. 2. a start: clisgeadh.

BRAID, *adj.* Meallta, carach, cuilbheartach.

BRAILS, *s.* Cùird thogail sheòl luinge.

BRAIN, *s.* 1. That collection of vessels and organs in the head from which sense and motion arise: eanchainn, eanchaille. 2. that part in which the understanding is placed: eanchainn, ceann, tuigse. 3. the affections: eanchainn. 4. fancy, imagination: inntinn, barail, smuain, mac-meanmna.

BRAIN, *v. a.* Cuir an eanchainn á, marbh, spad.

BRAINISH, *adj.* Bras, air boile, mi-chiallach.

BRAINLESS, *adj.* Baogh, faoin, neo-shuidhichte, neo-thuigseach, neo-thùrail, gun eanchainn.

BRAIN-PAN, *s.* Claigeann, claigionn, slige ṅa h-eanchainn.

BRAINSICK, *adj.* Tuaineulach, amaideach, baogh, neo-shuidhichte, neo-thùrail.

BRAINSICKNESS, *s.* Amaideachd, gòraich, eutromascinn, mearaichinn.

BRAKE, *pret.* of Break, which see.

BRAKE, *s.* 1. A thicket of brambles or thorns: droighionnach, dris, sgitheach. 2. it is said originally to mean fern: raineach. 3. an instrument for dressing hemp or flax: slachdan-lìn, siomaid. 4. the handle of a ship's pump: làmh pìob-thaosgaidh. 5. a baker's kneading trough: amar-fuinidh. 6. a sharp bit or snaffle for horses: cabstair, no, greimiche gobha. 7. that which moves a military engine to any particular point: uidheam giùlain ghunnachan mòra.

BRAKY, *adj.* Driseach, garbh, deilgneach, làn droighnich.

BRAMBLE, *s.* 1. The blackberry bush, the raspberry bush or hindberry: dris, preas smeur, preas nan sùbhag, feàrr-dhris. 2. (in popular language) any rough prickly shrub: dris, preas driseach.

BRAMBLED, *adj.* Driseach, sgitheach, làn droighnich.

BRAMBLING, *s.* See Chaffinch.

BRAN, *s.* Càth, còrlach, garbhan.

BRAN-NEW, *adj.* Ùr-nodha.

BRANCARD, *s.* Crà-leaba-thogalach.

BRANCH, *s.* 1. The shoot of a tree from one of the main boughs: meangan, meanglan, meur, geug, fiùran. 2. any member, or part of the whole: meur, earrann, cuid. 3. any part that shoots out from the rest: meur. 4. a small river running into, or proceeding from a larger: meur, earrann. 5. any part of a family descending in a collateral line: meur, glùn. 6. the offspring, the descendant: sliochd, gineal, iarmad. 7. the antlers, or shoots of a stag's horn: cabar féidh, meur-cabair. 8. the branches of a bridle that bear the bit: cinn-chabstair sréine.

BRANCH, *v. a.* et *n.* 1. Divide as into branches: roinn 'ṅ a mheuraibh, craobh-sgaoil, sgaoil 'ṅ a earrannaibh. 2. adorn with needle-work: cuir gréis air, tarruing 'n a mheuraibh le snàthad. 3. spread in branches: sgaoil a mach, meur-sgaoil. 4. spread in separate and distinct parts and subdivisions: min-sgaoil. 5. speak diffusely, or with the distinction of the parts of a discourse: bi bith-bhriathrach, labhair air gach ceann do chùis seanchais. 6. have horns shooting out into branches: bi cabrach, bi cròcach.

BRANCHER, *s.* 1. One that shoots out into branches: fear-cur a mach mheur. 2. (in falconry) a young hawk: seabhag òg, speireag òg.

BRANCHERY, *s.* Cuislean mheas.

BRANCHINESS, *s.* Meanglanachd.

BRANCHLESS, *adj.* 1. Without shoots, or boughs: lòm, rùisgte, maol, gun mheangan, gun mheur. 2. without any valuable product, naked: gun toradh, lom, rùisgte, maol.

BRANCHY, *adj.* Meanganach, meanglanach, geugach, dosach, cròcach, cabrach.

BRAND, *s.* 1. A stick lighted, or fit to be lighted in the fire: aithine, bioran-teine, bior-dearg, bior tioram, maide connaidh. 2. a sword: claidheamh, lann. 3. a thunderbolt: beithir, gath tàirneinich. 4. a mark made by burning a criminal with a hot iron, a stigma: comharradh tàire, losgadh, michliu, tàmailt. 5. any note of infamy: tàir-losgadh, mi-chliu, comharradh droch dhuine.

BRAND, *v. a.* 1. Mark with a brand, or note of infamy: tilg athais air, maslaich, cuir comharradh air le iarunn dearg, loisg.

BRANDGOOSE, *s.* Gèadh fiadhaich.

BRANDIRON, *s.* Socair phoit air teallach.

BRANDISH, *v. a.* 1. Wave, or flourish as a weapon: crath, luaisg, tog suas. 2. play with, flourish: crath, cuir mu 'n cuairt gu h-àrd, luaisg.

BRANDLE, *v. n.* Crithich, bi crathadh, starachasaich.

BRANDY, *s.* Branndaidh.

BRANGLE, *s.* Trod, aimhreit, connsachadh, strì-lagha, brionglaid.

BRANGLING, *s.* Comh-stri, trod, connsachadh, brionglaid.

BRANGLE, *v. n.* Trod, connsaich, rach a lagh.

BRANNY, *adj.* 1. Having the appearance of bran: càthach, garbhanach. 2. consisting principally of bran: càthach, làn garbhain.

BRANSLE, *s.* Roimh chéile, dannsa ròpach.

BRANT, *adj.* Corrach, cas.

BRASEN, *adj.* Umhach, air a dheanamh do dh'umha.

BRASIER, *s.* 1. A manufacturer that works in brass: pràisiche, fear-oibreachaidh umha, ceard-umha, umhadair. 2. a pan to hold coals: aghann umha.

BRASS, *s.* 1. A yellow metal made by mixing copper with lapis calaminaris: umha, pràis. 2. impudence. See Brass-visaged. 3. used for copper: copar, umha.

BRASS-VISAGED, *adj.* Pràis-ghnuiseach, an-dàna, ladarna.

BRASSICA, *s.* See Cabbage.

BRASSINESS, *s.* Pràiseachd.

BRASSY, *adj.* 1. Partaking of brass: umhach, mar phràisich. 2. hard as brass: cruaidh mar umha. 3. impudent: an-dàna, ladarna, mar umha, mar phràisich.

BRAST, *part.* Briste, sgàinte.

BRAT, *s.* 1. A child so called in contempt: isean, garrach, ablach, sìochair, droch leanabh. 2. the progeny, the offspring: linn, clann, sliochd.

BRAVADO, *s.* Uaill bheadaidh, maoidheadh, spagluinn.

BRAVE, *adj.* 1. Courageous, daring, bold: misneachail, curanta, dàna, foghainteach, gaisgeil, calma. 2. gallant, having a noble mien, lofty, graceful: gaisgeil, fearail, mòralach, àrd-bheachdail, treun, foinneamh. 3. magnificent, grand: mòralach, urramach. 4. excellent, noble: gasda, òirdheirc, mòralach, urramach. 5. fine, showy: fìnealta, grinn, foinneamh.

BRAVE, *s.* 1. A hector, a man daring beyond decency, or discretion: baoth-churaidh. 2. a boast, a challenge, a defiance: bòsd, maoidheadh, dùlan.

BRAVE, *v. a.* 1. Defy, challenge, set at defiance: dùlanaich, maoidh air, tairg cath. 2. carry a boasting appearance of: amhairc misneachail, thoir dùlan, tairg cath. 3. make fine or splendid: maisich, dean àluinn.

BRAVELY, *adv.* See Brave, *adj.*

BRAVERY, *s.* 1. Courage, magnanimity, generosity, gallantry: misneach, gaisge, treubhantas, fearalas, curantachd. 2. splendour, magnificence: mòralachd, mòr-chuis, fìnealtachd, grinneas. 3. show, ostentation: greadhnachas, mòr-chuis, spagluinn. 4. bravado, boast: spagluinn, féin-mholadh, faoin-ghlòir.

BRAVINGLY, *adv.* Gu dùlanach, gu ladarna, gu mimhodail.

BRAVO, *s.* Mortair ceannaichte, fear-marbhaidh air son duais.

BRAWL, *v. a.* et *n.* 1. Drive away by noise: cuir air theicheadh le gleadhraich, bodhair. 2. *(fig.)* beat down: buail gu làr, fuaimnich a sìos. 3. quarrel noisily and indecently: trod, dean brionglaid, bi tuaireapach, dean comh-stri. 4. speak loud and indecently: dean gleadhraich, trod, connsaich. 5. make a noise: dean stararaich.

BRAWL, *s.* Iorghuill, brionglaid, gleadhraich, strangal, trod.

BRAWLER, *s.* Fear-iorghuill, balach brionglaideach.

BRAWLING, *s.* Trod, connsachadh.

BRAWLINGLY, *adv.* Gu connspaideach, gu h-iorghuilleach.

BRAWN, *s.* 1. The fleshy, or musculous part of the body: feòil theann, feòil is fèithean. 2. the arm: feòil a' ghàirdein, gàirdean fèitheach. 3. bulk, muscular strength: meud, tomaltas, dòmhlachd, neart-bhall. 4. the flesh of a boar: cruaidh-fheòil tuirc. 5. a boar: torc.

BRAWNED, *adj.* Làidir, fèitheach.

BRAWNER, *s.* Torc biadhta.

BRAWNINESS, *s.* Neart, spionnadh, lùths, cruas.

BRAWNY, *adj.* 1. Musculous, fleshy, bulky: fèitheach, tomadach, làidir, cruaidh-ghreimeach. 2. *(fig.)* hard, unfeeling: cruaidh-chridheach, neo-thruacanta.

BRAY, *v. a.* et *n.* 1. Pound, or grind small: pronn, min-phronn, bruth, meil. 2. emit, give vent to: langain, raoichd, ràin, beuc. 3. make a noise as an ass: sitir, raoichd, ràn. 4. make an offensive, harsh, or disagreeable noise: sgreuch, bi sgalartaich.

BRAY, *s.* 1. Voice of an ass: sitir asail. 2. harsh sound: sgread, sgreuch, sgalartaich, rànail. 3. a bank of earth: beinge thalmhainn.

BRAYER, *s.* 1. One that brays like an ass: sitriche, fear-sitrich, sgreadair. 2. a pounder, or beater of things till they are made very small: pronnadair, bruthadair.

BRAYING, *s.* Garrag, gleadhraich.

BRAZE, *v. a.* 1. Solder with brass: tàth le umha, càirich le pràis. 2. harden to impudence: cruadhaich le mi-nàire.

BRAZEN, *adj.* 1. Made of brass: umhach, air a dheanamh am pràis. 2. impudent: an-dàna, ladarna, mi-nàrach.

BRAZEN, *v. n.* Bi bathaiseach, bi an-dàna.

BRAZEN-BROWED, *adj.* Ladarna, mi-mhodhail, pràisghnùiseach.

BRAZEN-FACE, *s.* Bathais gun nàire.

BRAZEN-FACED, *adj.* Bathaiseach, beag-narach, ladarna.

BRAZENLY, *adv.* See Brazen, *adj.*

Burst, *v. a.* et *n.* 1. Break, or fly open, suffer a violent disruption: sgoilt, sgàin. 2. fly asunder: sgàin, grad-sgaoil o chéile. 3. break away, spring: leum as, grad-fhuasgail. 4. come suddenly: brùchd, thig 'n ad mhaoim. 5. come with violence: brùchd, thig 'n ad bhrùchd. 6. begin an action violently, or suddenly: brùchd, bris a mach, leig air. 7. break suddenly: bris, grad-bhris, sgoilt, sgàin.

Burst, *s.* Sgàineadh, sgoltadh, brùchd, brùchdadh, maoim.

Burst, } *adj.* Diseased with a hernia, or rupture;
Bursten, } fuidh mhàm-sic, briste 's a' mhionach.

Burstenness, *s.* Màm-sic, beum-sic, briseadh-mionaich.

Burster, *s.* Fear-sgàinidh, fear-sgoltaidh, fear-brùchdaidh.

Burthen, *s.* See Burden, *s.*

Burthen, *v. a.* See Burden, *v.*

Bury, *s.* A termination in names of towns: brugh.

Bury, *v. a.* 1. Inter, put into a grave: adhlaic, tiòdhlaic, cuir fuidh 'n ùir, tòrr. 2. conceal, hide: ceil, folaich, cleith, cuir am folach. 3. place one thing within another: ceil, cleith, fill.

Burying, *s.* See Burial.

Burying-place, *s.* Aìt-adhlacaidh, bàghan, cladh.

Bush, *s.* 1. A thick shrub: preas, dos. 2. a bough of a tree fixed up at a door to shew that liquors are sold there: bad-suaicheantais tigh-leanna. 3. the tail of a fox: earball seannaich.

Bush, *v. n.* Fàs tiugh, dosaich.

Bushel, *s.* Tomhas àraidh, 's am bheil ochd galain.

Bushiness, *s.* Preasarnachd, dosanachd.

Bushment, *s.* Preasarnach, doire dlùth.

Bushy, *adj.* 1. Thick, full of small branches: preasach, dosach, gasach, dusluingeach. 2. thick like a bush: preasach, tiugh, badanach. 3. full of bushes: preasach, badanach, preasarnach.

Busiless, *s.* Dìomhain, gun ghnothach, gun ghnìomh.

Busily, *adv.* See Busy.

Business, *s.* 1. Employment, multiplicity of affairs: obair, gnothuch. 2. an affair: gnothuch, cùis, rud. 3. the subject of busines: gnothuch, cùis. 4. serious engagement, in opposition to trivial transactions: obair, gnothuch cudthromach. 5. right of action: gnothuch ri, còir, còir air, buint. 6. a matter of question, something to be examined, or considered: cùis, gnothuch. 7. something to be transacted: gnothuch. 8. something required to be done: gnothuch, obair, seirbhis. 9. do one's business: spad e, cuir as da.

Busk, *s.* Sgolb-uchda, sgolb-peiteig bhig, aisinn peiteig.

Busk, *s.* See Bush.

Busk, *v. a.* Deasaich, sgeadaich, grinnich.

Busket, *s.* 1. A sprig, or small bush: preasan, dosan. 2. a small compartment of gardens: oisinn gàraidh, air dheadh ghrinneas.

Buskin, *s.* 1. A kind of half-boot: leth-bhòt, cuaran. 2. a kind of high shoe, worn by ancient players on the stage: bròg luchd-cluiche o shean, cuaran.

Buskined, *adj.* 1. Dressed in buskins: deachaite an leth-bhòtaibh, no, an cuaranaibh fada. 2. relating to tragedy: a bhuineas to dhluich, coltach ri cluich.

Busky, *adj.* See Bosky.

Buss, *s.* 1. A kiss, a salute with the lips: pòg, busag. 2. a fishing-vessel: long-iasgaich.

Buss, *v. a.* Pòg, thoir pòg do.

Bust, *s.* Dealbh snaidhte, no, dealbh crèadha duine o cheann gu gualainn.

Bustard, *s.* Caileach Turcach fiadhaich.

Bustle, *v. n.* Dean iomairt, tog iomairt, bi d' chabhag.

Bustle, *s.* Cabhag, iorghuill, othaill, ùinich, iomairt, drip, tuairgneadh.

Bustler, *s.* Fear iorghuilleach, fear cabhagach, fear-iomairt, duine tuairgneach.

Busto, *s.* See Bust.

Busy, *adj.* 1. Employed with earnestness: saothrach, gnìomhach, dèanadach. 2. bustling, active, meddling: meachranach, leamh, bleideil. 3. troublesome, vexatiously importunate, or intensive: bleideil, liosda, leamh.

Busy, *v. a.* Cum gnìomhach, cum 'n a chabhag, cum dèanadach.

Busybody, *s.* Fear beadaidh, fear-sgeòil, fear-tuaileis, neach a ghabhas gnothuch ri ni nach buin da.

But, *conj.* 1. Except: ach, ach mur, mur, mur biodh, mur b' e 's gu. 2. except then, had it not been that, but that: mur b' e 's gu, mur bhitheadh 's gu. 3. yet, nevertheless: gidheadh. 4. the particle which introduces the minor of a syllogism: ach, ach gidheadh. 5. than, or that: na, nach. 6. but, that, without this consequence that: nach. 7. otherwise than that: nach. 8. however, howbeit: gidheadh. 9. no doubt but, no question but: nach. 10. only: ach, ach a mhàin. 11. but yet: ach gidheadh, gidheadh. 12. a particle of addition, or affirmation: ach tuilleadh, ach tuilleadh fòs. 13. unless: mur. 14. but for: ach a mhàin.

But, *adv.* A mhàin, ach a mhàin.

But, *interj.* Nach, gur.

But, *s.* Crìoch, ceann-crìche.

But, *s.* (In sea language): ceann, ceann clàir, ceann-bùird.

But, *v. a.* 1. Touch at the one end: bean ri, ruig. 2. utter an exception: ag, cuir ag ann.

But-end, *s.* Ceann reamhar, bonn, sàil, eàrr, bun, maol-cheann.

Butcher, *s.* 1. A killer of animals to sell their flesh: feòladair. 2. one that is delighted with blood: duine fuilteach, duine borb, duine mortach.

Butcher, *v. a.* Casgair, marbh, mort.

Butcherliness, *s.* Buirbe, fuilteachd, mortaireachd.

Butcherly, *adj.* Cruaidh-chridheach, fuilteach, fuileachdach.

Butchery, *s.* 1. The trade of a butcher: feòladaireachd. 2. murder, cruelty, slaughter: mort, mortaireachd, fuil, fuilteachd, àr. 3. the place where animals are killed: tigh-feòladaireachd, tigh-casgraidh.

Butler, *s.* Buidealair, seirbhiseach dibhe, air am bheil cùram na dibhe.

Butlership, *s.* Buidealaireachd, dreuchd buidealaire.

Butment, *s.* Bonn bogha drochaid.

Butshaft, *s.* See Arrow.

Butt, *s.* 1. The place on which the mark to be shot at is placed: ionad-cuimse, àite buill-amais. 2. the point at which the endeavour is directed: crìoch, ball-amais. 3. a man upon whom the company breaks their jests: culaidh-mhagaidh, cùis-bhùird, ball-magaidh. 4. the object of aim, the thing against which any attack is directed: ball-amais, comharradh, cuspair. 5. a blow given by a horned animal: buille a bheir ainmhidh adharcach, putadh, purradh. 5. a stroke given in fencing: buille-claidheimh. 6. a vessel, a barrel containing one hundred and twenty-six gallons of wine, and one hundred and eight gallons of beer: buideal mòr, baraille, a chumas sè fichead 's a sè galan fìona, no cùig fichead 's a h-ochd galan leanna.

Butt, *v. a.* Put, purr, stailc.

Butter, *s.* Im.

Butter, *v. a.* 1. Smear or oil with butter: taisich le ìm, cuir armadh air, ùil, smeur. 2. increase the stakes every throw: cuir geall ni 's mò, cuir gill am meud.

Butterbump, *s.* Gràineag, a' ghràineag, eun àraidh.

Butter-flower, *s.* Buidheag an t-samhraidh.

Butterfly, *s.* Dearbadan-dé, eunan-dé, teine-dé, dealan-dé, dealbhan-dé, dealman-dé.

Butteris, *s.* Sgian-gobha, iarrunn-gearraidh chruidhean-each.

Buttermilk, *s.* Blàthach, bainne-gort.

Butter-print, *s.* Moldair-ime.

Butter-tooth, *s.* Clàr-fhiacaill.

Butterwife, Butterwoman, *s.* Bean-ime, ban-reiceadair ime.

Butterwort, *s.* Badan-measgain.

Buttery, *adj.* Imeach, air dhreach ime.

Buttery, *s.* Tigh-tasgaidh, biadh-lann.

Buttock, *s.* Màs, cùl-a'-chruachain, tòn.

Button, *s.* 1. A catch or small ball which the dress of man is fastened: cnap-trusgain, cnapan-trusgaidh. 2. any knob or ball fastened to a smaller body: cnap, cnapan. 3. the bud of a plant: gineag-luibhe, gucag-luibhe. 4. the sea-urchin: muc-chreige, gràineag-mhara.

Button, *v. a.* 1. Dress, clothe: deasaich thu féin, sgeadaich, cuir umad. 2. fasten with buttons: dùin, ceangail t-eudach, cuir umad.

Buttonhole, *s.* Toll-cnaipe.

BUTTONMAKER, *s.* Fear-dèanaimh chnap-trusgain, cnapadair.

BUTTRESS, *s.* 1. A wall built to support another wall: balla-taice. 2. a prop, a support: prop, taic.

BUTTRESS, *v. a.* Taicich, cum suas, cuir taic ri.

BUTYRACEOUS, BUTYROUS, *adj.* Imeach, mar im.

BUXOM, *adj.* 1. Obedient, yielding: umhal, strìochdach. 2. gay, lively, brisk: aighearach, beothail, meamnach, eutrom, suigeartach. 3. wanton, jolly: macnusach, leannanach, meamnach, beadarach.

BUXOMLY, *adv.* See Buxom.

BUXOMNESS, *s.* Umhlachd, strìochdalachd, aighearachd, beothalachd, meamnadh, macnusachd, beadrachd. See Buxom.

BUY, *v. a.* et *n.* Purchase, acquire by paying a price: ceannaich. 2. pay dearly for: daor-cheannaich, cothaich, coisinn. 3. procure some advantage by something that deserves it: coisinn. 4. regulate by money: ceannaich. 5. treat about a a purchase: cùmhnantaich.

BUYER, *s.* Ceannaiche, fear-ceannachaidh.

BUZZ, *v. a.* et *n.* 1. Whisper, spread secretly: aithris os ìosal, thoir sanas. 2. hum, make a noise like bees: srann, dranndanaich, dean dùrdan. 3. whisper, prate to: thoir cagair do, dean goileam ri.

BUZZ, *s.* 1. The noise of a bee, or fly: srann, dùrdan, crònan, crònanaich. 2. a hum, a whisper, a talk: cagair, aithris os ìosal, dùrdan.

BUZZARD, *s.* 1. A degenerate sort of hawk: seòrsa seabhaig, clamhan. 2. a blockhead, a dunce: sgonn-bhalach, siadaire, buimilear duine, tamhasg.

BUZZARD, *adj.* Baoghalta, tamhasgach, buimilearach.

BUZZER, *s.* Fear-cogarsaich, fear-tuaileis.

BY, *prep.* 1. Denoting the agent: le, leis. 2. noting the instrument: tre, troimh, le, leis. 3. noting the cause of any effect: o, trìd, troimh, tre. 4. noting the means by which any thing is performed or obtained: le, leis, troimh, trìd. 5. shewing the manner of an action: le, troimh, leis, trìd. 6. noting the method in which any successive action is performed: air, an déigh, agus. We came one *by* one: thàinig sinn neach *air* neach; neach an déigh neach; neach is neach. 7. noting the quantity had at one time: ann, ann an. I got it by pounds: fhuair mi e 'n a phuinnd. 8. at, or in, noting place: air, aig. 9. according to, noting permission: le, leis. 10. according to, noting proof: le, a réir, do rèir. 11. after, according to, noting imitation, or conformity: a réir, do réir. 12. from, noting ground of judgment, or comparison: le, leis, a thaobh. 13. noting the sum of the difference between two things compared: mar, mar a', mar an. This is shorter *by* a foot: 's e so is giorra mar throigh. 14. noting co-operation: o, le. 15. for, noting continuance of time: car, fad. He possessed it *by* the space of two years: shealbhaich se e *car* dà bhliadhna; *fad* dhà bhliadhna. 16. as soon as, not later than, noting time: mu, roimh. 17. besides, noting passage: seachad, seachad air, ri taobh, seach. 18. beside, near to, in presence, noting proximity of place: fagus, am fagus, fagus air, am fochar, 's an làthair, làimh ri. 19. before *himself, herself, itself, themselves*, noting the absence of all others: le, leis. He is by himself: tha e leis féin. 20. at hand: aig làmh, làimh ri, am fochar. 21. noting the solemn form of swearing: air. 22. noting specification, and particularity: air. 23. noting forms of adjuring or obtesting: air, as uchd. 24. by proxy of, noting substitution: le, leis. 25. in the same direction with: air fad, an cois.

BY, *adv.* 1. Near, at a small distance: aig làimh, an làthair. 2. beside, passing: seachad. 3. in presence: 's an làthair.

BY AND BY, *adv.* An ùine ghoirid.

BY, *s.* Dol seachad. They who have saluted her on the *by*: iadsan a dh' fhàiltich dh' i 's an *dol seachad*.

BY, *v. n.* See Aby.

BY-CONCERNMENT, *s.* Frith-ghnothuch.

BY-CORNER, *s.* Frith-oisinn.

BY-DRINKING, *s.* Frith-phòitearachd, òl leis féin.

BY-END, *s.* Rùn cealgach, cùis dhìomhair.

BY-GONE, *adj.* Air dol seachad.

BY-INTEREST, *s.* Féin-bhuannachd.

BY-LAW, *s.* Frith-lagh.

BY-MATTER, *s.* Frith-ni, frith-rud.

BY-NAME, *s.* Frith-ainm, fath-ainm, leth-ainm.

BY-NAME, *v. a.* Thoir frith-ainm air.

BY-PATH, *s.* Frith-rathad, rathad dìomhair, leth-shlighe.

BY-ROAD, *s.* See By-path.

BY-ROOM, *s.* Seòmar-cùil, seòmar uaigneach.

BY-SPEECH, *s.* Frith-sheanchas.

BY-STANDER, *s.* Fear-amhairc.

BY-STREET, *s.* Frith-shràid.

BY-TURNING, *s.* Slighe dhìomhair, rathad uaigneach.

BY-VIEW, *s.* See By-respect.

BY-WALK, *s.* Frith-cheum, ceum uaigneach.

BY-WAY, *s.* See By-path.

BY-WEST, *s.* An iar, an iar air, 's an àirde 'n iar.

BY-WIPE, *s.* Cùl-bheum, cùl-mhagadh.

BY-WORD, *s.* Frith-fhocal, sean-fhocal, gnàth-fhocal, leth-fhocal.

BYE, or BEE, *s.* Ionad-còmhnuidh, àite-tàimhe, bùth.

BYRE, *s.* Bàitheach, tigh-cruidh.

BYSPEL, *s.* See By-word.

BYSSE, BYSSIN, BYSSUS, *s.* Currag anairt.

BYSSINE, *adj.* Sìoda, de 'n t-sìoda.

CAC

C, THE numeral letter of the Romans, which we use to denote an hundred: ceud, cùig fichead.

CABAL, *s.* 1. A body of men united in some close design: coinneamh dhìomhair, buidheann aonfhillte. 2. intrigue: cluainteireachd, claon-chomhairle.

CABAL, *v. n.* Cum coinneamh dhìomhair, bi an claonchomhairle, bi ri cluainteireachd.

CABALISTIC, } *adj.* Dìomhair, aig am bheil seadh
CABALISTICAL, } dìomhair.

CABALLER, *s.* Fear comhairle-dhìomhair, fear claonchomhairle, cluainteir.

CABARET, *s.* Tigh-òsda.

CABBAGE, *s.* 1. A plant: càl, càl-ceirsleach, càl geal. 2. a cant word for the shreds and patches made by tailors in cutting out clothes: luidheagan, fuighleach.

CABBAGE, *v. a.* et *n.* 1. Steal in cutting clothes: ceil fuigheall, goid fuigheall aodaich. 2. form a head, as the plants begin to cabbage: trus, ceirslich.

CABBAGE-WORM, *s.* Burras.

CABIN, *s.* 1. A small room: seòmar beag, cùil. 2. a small chamber in a ship: seòmar-luinge. 3. a cottage or small house: bùth, bothan.

CABIN, *v. a.* et *n.* 1. Confine in a cabin: druid an seòmar, duin an seòmar. 2. live in a cabin: còmhnuich am bothan, thig beo am pàilliun.

CABIN-BOY, *s.* Gille-feitheimh an seòmar luinge.

CABIN-MATE, *s.* Companach seòmair.

CABINET, *s.* 1. A closet, a small room: seòmar uaigneach, seòmar-taoibh. 2. a hut, or small house, a cot or tent: bùth, bothan, tigh beag, pàilliun. 3. a private room in which consultations are held: seòmar-comhairle. 4. a set of boxes or drawers for curiosities: a private set of boxes: tasgaidh, gleideadh. 5. any place in which things of value are hidden: ionad dìomhair, ionad falchaidh.

CABINET-MAKER, *s.* Fear-dèanaimh àirneis tighe.

CABINET, *v. a.* Taisg, dùin a steach.

CABLE, *s.* Còrd a crach luinge, còrd, taod, ball, càball.

CABLED, *adj.* Ceangailte le càball, air acair.

CABLET, *s.* Còrd, ball, taod, càball-asgairt.

CABOB, *v. a.* Ròsd, no, ròisd gu cabhagach.

CACHETIC, } *adj.* Euslan, mi-fhallain, galarach, air
CACHETICAL, } dhroch càil cuirp.

CACHEXY, *s.* Euslaint, breòiteachd, tinneas.

CACHINNATION, *s.* Gàireachdaich mhòr, glag-ghàire.

CACKLE, *v. n.* 1. Make a noise as a goose: ràc, bi glocail, goir, gàir. 2. sometimes it is used for the noise of a hen: dean, glocail, dean gogail. 3. laugh, giggle: gàir, bi gogail.

CAJ

CACKLE, *s.* 1. The voice of a goose, or fowl: ràc, gloc, cànran, gànraich, gogail. 2. idle talk, prattle: glocail, giolam, faoin chòmhradh.

CACKLER, *s.* 1. A fowl that cackles: eun glocach. 2. a tell-tale, a tatler: fear gogail, sgiolam.

CACODEMON, *s.* Deamhan, droch-spìorad, ann spiorad.

CACOETHES, *s.* 1. An incurable ulcer: neasgaid shilteach nach gabh leigheas, cneadh bhàsmhor. 2. a bad habit: droch cleachdadh.

CACOGRAPHY, *s.* Droch sgrìobhadh.

CACOPHONY, *s.* Droch fhuaim litrichean, cainnt phlubach.

CADAVER, *s.* Closach, cairbh.

CADAVEROUS, *adj.* Cairbheach, lobhta, malcta, grod.

CADDIS, *s.* 1. A kind of tape or ribbon: stìom, ribean. 2. a kind of worm found in a case of straw: durag-chonnlaich.

CADDOW, *s.* See Jackdaw.

CADE, *adj.* Soirbh, sèimh, mùirneach, mallda.

CADE, *v. a.* Àraich gu mùirneach, tog suas gu beadarach.

CADE, *s.* Buideal mòr, baraille.

CADENCE, } *s.* 1. Fall, state of sinking, decline:
CADENCY, } tuiteam, leagadh, ìsleachadh. 2. the fall of the voice: guth-leagadh, fonn-ìsleachaidh. 3. the flow of verse or periods: deireadh-fhuaim, crìoch-fhuaim. 4. the tone or sound: fonn, fuaim.

CADENT, *adj.* Tuiteamach, a shìolaidheas sìos.

CADET, *s.* 1. The younger, or youngest brother: am bràthair is òige, an t-òg bhràthair. 2. a volunteer in the army: fear-cogaidh gun duais, fear a chogas a nasgaidh an dùil ri àrdachadh.

CADGE, *v. a.* Giùlain eallach, giùlain air do mhuin.

CADGER, *s.* Frith-cheannaiche, fear-saic.

CADUCITY, *s.* Breòiteachd, laige.

CADUKE, *adj.* Lag, breòite, critheach, gliogach.

CAERULE. See Cerule.

CAG, *s.* Buideal, soire.

CAGE, *s.* 1. An inclosure of twigs or wires in which birds are kept: eun-lann, eunadan, gainntir. 2. a place for wild beasts inclosed with palisadoes: lànn-fhiadh-bheathach, prìosan, gainntir, gàradh.

CAGE, *v. a.* Prìosanaich, dùin a stigh, druid a stigh, cuir an lann.

CAIC, *s.* Geòla, bàta-luinge.

CAIL, *s.* See Kail.

CAIMAN, *s.* Lonach shligneach America.

CAJOLE, *v. a.* Breug, meall, ciùinich, slìob, dean beul breagha ri.

CAJOLER, *s.* Miodalaiche, fea-rbrosgail, sodalaich, fear-sodail.

CAJOLERY, *s.* Miodal, brosgal, sodal, gabhann.

CAITIFF, *s.* Slaightear, balach suarach, neo-fhiachail, no, droch-bheirteach.

CAIRN, *s.* Càrn, dùn-chlach.

CAKE, *s.* 1. A kind of delicate bread: breacag, bonnach, dearnagan, abhlan. 2. any thing of a form rather flat than high: bonnach, breacag, bannag.

CAKE, *v. n.* 1. Harden, as dough in the oven: bruich mar bhonnach, cruadhaich. 2. cackle as a goose: dean ràcail, dean gocail.

CALAMIFEROUS, *adj.* Cuiseagach, cuisleach.

CALAMINE, *s.* Seorsa do mheiteil thais, a thionndaidheais le measgadh, copar, gu pràis, no, umha.

CALAMISTRATE, *v. a.* Cas, bachlaich, dean camagach, cuir suas gu cuachagach.

CALAMISTRATION, *s.* Casadh, bachlachadh.

CALAMITOUS, *adj.* 1. Miserable, unhappy, wretched: truagh, mi-shona, dosgainneach, mi-àghmhor. 2. full of misery, distressful: truagh, cràiteach, bochd, dòghruinneach, cruaidh.

CALAMITOUSNESS, *s.* Truaighe, mi-shonas, mi-àghmhorachd, mi-shealbhachd.

CALAMITY, *s.* 1. Misfortune, cause of misery, distress: truaighe, dosgainn, calldachd, trioblaid, àmhghar. 2. misery, distress: truaighe, àmhghar, trioblaid, doilghios, an-shocair.

CALCAREOUS, *adj.* Anns am bheil gnè aòil, no, cailc.

CALCINABLE, *adj.* A ghabhas losgadh mar aol.

CALCINATE. See Calcine, *v. a.*

CALCINATION, *s.* Losgadh gu dus, losgadh gu luaithre.

CALCINE, *v. a.* et *n.* 1. Burn in the fire to a calx: loisg gu luaithre. 2. burn up: loisg a suas. 3. become calx by heat: loisg gu luaithre.

CALCITRATE, *v. n.* Buail le d' chois, ceig, breab.

CALCULABLE, *adj.* So-àireamh, furasd a chunntadh.

CALCULATE, *v. a.* et *n.* 1. Compute, reckon: cunnt, cuir a suas, àireamh, meas. 2. compute the situation of planets at any certain time: tomhais, faigh a mach. 3. adjust, project for any certain end: suidhich, dean freagarrach. 4. make computation: cunnt, àireamhaich.

CALCULATION, *s.* 1. The art of numbering, practice, or manner of reckoning: cunntas, eòlas àireamh shuim. 2. a reckoning, the result of arithmetical operation: cunntas, suim.

CALCULATOR, *s.* Cunntair, fear-àireamh, fear-meas, uibhreadar.

CALCULE, *s.* Àireamh, cunntas.

CALCULOSE, CALCULOUS, *adj.* Clachach, gainmheinneach.

CALCULUS, *s.* Clach eutromain.

CALDRON, *s.* Coire, poit-mhòr.

CALEDONIAN, *adj.* Albunnach.

CALEFACTION, *s.* 1. The act of heating any thing: teasachadh, blàthachadh. 2. the state of being heated: teas, teòthadh.

CALEFACTORY, *adj.* Teth, a ni teth.

CALEFY, *v. a.* et *n.* 1. Make warm: dean teth, teòdh, dean blàth. 2. grow hot, be heated: fàs teth, bi blàth.

CALENDAR, *s.* Miosachan.

CALENDER, *v. a.* Liosraig, dean mìn am preas teannachaidh.

CALENDER, *s.* 1. A hot press, a press in which clothiers smooth their cloth: preas teannachaidh, preas lìosraigidh aodaich. 2. the workman who manages the machine: fear-lìosraigidh.

CALF, *s.* 1. The young of a cow: laogh. 2. a dolt, a stupid wretch: bumeilear, ùmaidh, baothair. 3. the thick, plump, bulbous part of the leg: calpa na coise.

CALF-LIKE, *adj.* Laoghail, mar laogh.

CALIBER, *s.* Feadan gunna, tomhas peileir gunna.

CALICE, *s.* See Chalice.

CALICO, *s.* Calico, aodach-canaich.

CALID, *adj.* Teth, loisgeach, dian, bras.

CALIDITY, *s.* Teas, dian-theas.

CALIDUCT, *s.* Pìob theasachaidh.

CALIGATION, *s.* Dorchadas, neultachd.

CALIGINOUS, *adj.* Dorch, doilleir, neultach.

CALIGINOUSNESS, *s.* Dorchadas, duibhre, neultachd.

CALIGRAPHY, *s.* Snas-sgrìobhadh, sgrìobhadh bòidheach.

CALIPERS, *s.* See Callipers.

CALIVER, *s.* Gunna-glaic, cuilbheir.

CALIX, *s.* Cùpa, cupan.

CALK, *v. a.* Calc, dianaich, dùin a suas.

CALKER, *s.* Fear-calcaidh, calcadair.

CALKIN, *s.* Biodan cruidh eich.

CALKING-IRON, *s.* Gilb-chalcaidh.

CALL, *v. a* et *n.* 1. Name, denominate: gairm ainmich. 2. summon, or invite: gairm, iarr, thoir cuireadh. 3. convoke, summon together: gairm, cruinn, cruinnich. 4. summon judicially: gairm iarr gu cùirt, gairm gu cunntas. 5. summon by command: gairm. 6. invoke, appeal to: gairm, air, cuir fianuis air. 7. appeal to: gairm ri, cuir fianuis air. 8. proclaim, publish: gairm, aithris, glaodh, cuir an céill. 9. excite, put in action: gairm, cuir fuidh ghluasad. 10. stigmatize with some opprobrious denomination: gairm, frith-ainmich. 11. call back, revoke, retract: cuir air chùl, gairm air ais. 12. demand, require, claim: gairm, cuir a dh' iarraidh, iarr. 13. resume money at interest: gabh a d' ionnsuidh. 14. resume any thing that is in other hands: faigh o, gairm o. 15. summon together, invite: gairm cuideachd, thoir cuireadh. 16. read aloud a list, or muster roll: glaodh thairis, ainmich. 17. challenge, summon to fight: thoir, dùlan do, thoir cuireadh do. 18. stop without the intention of staying: dean guth air, taoghail. 19. make a short visit: gairm air, taoghail aig. 20. solicit for a favour, or a debt: iarr, gairm air son. 21. repeat solemnly: aithris, luaidh. 22. implore, pray to: gairm, guidh, éigh ri.

CALL, *s.* 1. A vocal address of summons, or invitation: gairm, ainmeachadh, cuireadh, glaodh, éigh, guth. 2. requisition authoritative and public:

iarrtas, gairm. 3. divine vocation: gairm, cuireadh. 4. a summons from heaven, an impulse: gairm, iarrtas, cuireadh. 5. authority, command: ùghdarras, cumhachd. 6. demand, claim: iarrtas, agartas, fiachan. 7. an instrument to call birds: feadag. 8. in naval language: feadag, dùd-luinge. 9. calling, vocation, employment: gairm, dreuchd, ceaird. 10. a nomination: ainmeachadh, ainm.

CALLER, *s.* Fear-gairm, fear-glaodhaich.

CALLET, *s.* Caile shuarach, strabaid, sgonn sglamhruinneach, baobh.

CALLET, *v. n.* Troid, càin, cronaich gu garg.

CALLING, *s.* 1. Vocation, profession, trade: gairm, ceàird, dreuchd. 2. proper station, or employment: inbhe, dreuchd. 3. class of persons united by the same employment or profession: dream, treubh, aidmheil. 4. divine vocation: gairm. 5. appellation: ainm.

CALLIDITY, *s.* Seòltachd, cuilbheirteachd, cluain.

CALLIPERS, *s.* Gobhal ruinne chrom.

CALLOSITY, *s.* Calam, cruaidh-chraicionn, at gun chràdh.

CALLOUS, *adj.* 1. Indurated, hardened: cruaidh, teann, neo-mhothachail, tiugh. 2. hardened in mind, insensible: neo-mhothachail, cruaidh.

CALLOUSLY, *adv.* See Callous.

CALLOUSNESS, *s.* 1. Hardness, induration of the fibres: cruas, làidireachd. 2. insensibility: cion-mothachaidh, cion-faireachduinn.

CALLOW, *adj.* Rùisgte, lomnochd, lom, neo-iteagach.

CALLUS, *s.* 1. An induration of the fibres: calum, cruaidh-chraicionn. 2. the hard substance by which broken bones are united: cruas-chnàmh cnàimh-theannachadh.

CALM, *adj.* 1. Quiet, serene, not stormy: sàmhach, ciùin, fèitheil. 2. undisturbed, unruffled, applied to the passions: ciùin, sèimh, tosdach, sìothchail.

CALM, *s.* 1. Serenity, stillness, freedom from violent motion; used of the elements: fè, ciùine, sìth, sìochaint, sàmhchair. 2. freedom from disturbance, quiet, repose: sàmhchair, suaimhneas, sìth, fois.

CALM, *v. a.* 1. Still, quiet: coisg, ciùinich, foisich. 2. pacify, appease: ciùinich, foisich, sìthich.

CALMER, *s.* Fear-ciùineachaidh, fear-sìtheachaidh, fear-thabhairt fois, ceann-sìthe.

CALMLY, *adv.* See Calm, *adj.*

CALMLY, *adj.* Ciùin, sàmhach, sèimh, sìochainteach sìtheil.

CALMNESS, *s.* 1. Tranquillity, serenity: ciùine, sàmhchair fè, sìth. 2. mildness, freedom from passion: màldachd, ciùine, sìochaint.

CALOMEL, *s.* Airgiod-beò air a glanadh sè uairean, sàr airgiod-beò.

CALORIFIC, *adj.* Teth, a ni teth, a theasaicheas.

CALTROP, CALTHROP, *s.* 1. An instrument made with three spikes: inneal-cogaidh thri mheurach. 2. corn-thistle: deanndag arbhair.

CALVE, *v. n.* 1. Bring a calf: beir laogh. 2. it is used metaphorically for any act of bringing forth: beir, thoir a mach.

CALVER, *v. a.* et *n.* 1. Cut *in* slices: sliseagaich, geàrr tana. 2. shrink by cutting, and not fall to pieces: crup, teann r' a chéile.

CALVISH, *adj.* Pleòisgeach, baoth, mar ḟaogh.

CALVITY, *s.* Maoilead, maoile.

CALUMNIATE, *v. a.* et *n.* 1. Slander: cùl-chàin, breugnaich, beum, tog tuairisgeul, aithris tuaileas. 2. accuse falsely: breugnaich, maslaich, bi tuaileasach.

CALUMNIATION, *s.* Cùl-chàineadh, sgainneal, tuaileas.

CALUMNIATOR, *s.* Fear cùl-chàinidh, breugair, fear-tuaileasach.

CALUMNIATORY, CALUMNIOUS, *adj.* Tuaileasach, sgainnealach.

CALUMNIOUSLY, *adv.* See Calumnious.

CALUMNIOUSNESS, *s.* Cùl-chàineadh, tuaileasachd.

CALUMNY, *s.* Sgainneal, tuaileas, breug.

CALX, *s.* Ni a ghabhas losgadh no a loisgeadh, gu luaithre.

CALYCLE, *s.* Sùileag, ùr-bhlàth, barr-guc, briseadh duillich.

CAMBIST, *s.* Fear-malairt airgid.

CAMBLET, *s.* See Camelot.

CAMBRIC, *s.* Pèarluinn, anart caol lìn.

CAME, *pret.* of Come: Thàinig.

CAMEL, *s.* Càmhal.

CAMEL-BACKED, *adj.* Dronnagach, crotach.

CAMELOT, CAMLET, *s.* 1. A kind of stuff made of wool and silk: camlaid, aodach clòimhe is sìoda. 2. hair-cloth: camlaid, aodach olainn.

CAMERADE, *s.* See Comrade.

CAMIS, *s.* Trusgan tana, trusgan sgàileanach.

CAMLET. See Camelot.

CAMMOCK, *s.* See Rest-harrow.

CAMOMILE, *s.* Buidheag shearbh.

CAMOUS, CAMOYS, *adj.* Blad-shronach.

CAMOUSED, *adj.* Cam, crotach, air am bheil bogha, crom.

CAMOUSLY, *adv.* See Camous.

CAMP, *s.* Campa, cochruinneachadh feachd.

CAMP, *v. a.* et *n.* 1. Encamp: campaich. 2. camp, pitch a camp, fix tents: campaich, leag campa.

CAMPAIGN, CAMPANIA, *s.* 1. A large, open, level tract of ground, without hills: réidhlean, còmhnard, raon, magh, machair. 2. the time for which an army keeps the field without entering into quarters: ùine feachd an campa.

CAMPAIGNER, *s.* Saighdeir a sheirbheisicheas rè ùine feachd an campa.

CAMPANOLOGY, *s.* Eòlas clag-bhualaidh.

CAMPANIFORM, *adj.* Air chumadh cluig.

CAMPANULATE, *adj.* See Campaniform.

CAMPESTRAL, *adj.* Machaireach, raointeach, maghach.

CAMPESTRIAN, *adj.* A bhuineas do 'n mhachair, raointeach, maghach.

CAMPING, *s.* Cas-iomain, ball-iomain le casaibh.

CAN, *s.* Canna, copan, còrn, cuach.

CAN, *v. a.* et *n.* 1. Know, understand: aithnich, tuig. 2. be able, have power: bi comasach,

faod. 3. *poten. m.* I can: feudaidh mi, is urradh mi.

CANAILLE, *s.* Gràisg, prabar, fòtus, ceathairne-shuarach.

CANAKIN, *s.* Cupan.

CANAL, *s.* 1. A bason of water in a garden: lochan caol. 2. any tract or course of water made by art: feadan uisge, clais-uisge, uisg-shlighe uisge ṙoimh thalamh. 3. a conduit or passage through which any of the juices of the body flow: feadan, pìob, cuisle, fèith.

CANALICULATED, *adj.* Feadanach, sruthanach.

CANCEL, *v. v.* et *n.* 1. Cross a writing: dubh a mach, tarruing sgrìob troimh. 2. efface, obliterate in general: dubh a mach, mill, cuir as. 3. cancel: bi air do dhubhadh a mach, bi millte.

CANCELLATED, *adj.* Sgrìobhta tarsuinn.

CANCELLATION, *s.* Sgrìobhadh tarsuinn.

CANCER, *s.* 1. A crab fish: partan, crùbag. 2. the sign of the summer solstice: aon de na comharraibh 's a' chuairt ghréin. 3. a virulent swelling, or sore not to be cured: an galar cnàmhach, cneadh cnàmhach buirbein.

CANCEROUS, *adj.* Chneadh-chnàmhach.

CANCRINE, *adj.* Partanach, crùbagach.

CANDENT, *adj.* Dian-theth, dearg-theth.

CANDID, *adj.* 1. White: geal. 2. free from malice, fair, open, ingenuous: fosgailte, fosgarra, saor, gun mhi-rùn, neo-chealgach.

CANDIDATE, *s.* Fear-iarraidh, iarradair, fear co-oidhirp, fear còmh-stri.

CANDIDATE, *v. a.* Dean 'n a iarradair, cuir an ionad fir-iarraidh.

CANDIDLY, *adv.* See Candid, *adj.*

CANDIDNESS, *s.* Fosgarrachd, fosgailteachd, simplidheachd.

CANDIFY, *v. a.* Gealaich, dean geal.

CANDLE, *s.* 1. A light made of wax or tallow: coinneal. 2. light, or luminary: lòchran, solus.

CANDLEHOLDER, *s.* Coinnleir, fear cumail na coinnle.

CANDLELIGHT, *s.* 1. The light of a candle: solus-coinnle. 2. the necessary candles for use: solus, coinnlean.

CANDLEMAS, *s.* Feill-brìde.

CANDLESTICK, *s.* Coinnleir.

CANDLESTUFF, *s.* Geir.

CANDLE-ENDS, *s.* Bun-choinnlean, fòtus, fuighleach.

CANDOUR, *s.* Caoin nàdur, gloin'-inntinn, fosgailteachd, suairceas, fosgarrachd, simplidheachd.

CANDY, *v. a.* et *n.* 1. Conserve with sugar, in such a manner that it may lie in flakes: gréidh le sìucar, cuir sìucar 'n a sgeiribh air. 2. form into congelations: cuir sgeirean air, cruinnich 'n a mhìribh. 3. incrust with congelations: cuir sgrathan rèota air. 4. grow congealed: fàs 'n ad mhìribh reòta.

CANE, *s.* 1. A kind of strong reed of which walking staffs are made, a walker's staff: bata, lorg cuilce, bata-cuilce. 2. the plant which yields the sugar: cuilc an t-sìucair. 3. a lance, a dart made of cane: lann, gath. 4. a reed: cuilc chaol, slatag chuilce.

CANE, *v. a.* Buail le bata, slachduinn, gabh air le lorg.

CANINE, *adj.* Madachail, coltach ri cù, salach, mosach.

CANISTER, *s.* 1. A small basket: bascaid bheag, mùrlag. 2. a small vessel in which any thing, such as tea, or coffee is laid up: bòsdan, soitheach beag tasgaidh.

CANKER, *s.* 1. A worm that preys upon, and destroys fruit: cnuimh, durrag, meas-chnuimh. 2. a fly that preys upon fruits: cuileag-mheas. 3. any thing that corrupts, or consumes: cnuimh, leòmann, meirg, truailleadh. 4. an eating, or corroding humour: cneadh chnàimhteach. 5. corrosion, virulence: cnàmh, losgadh, buirbein, caitheamh. 6. a disease in trees: galar an craobh, cnuimh-ithe. 7. a poisonous fungus, resembling a mushroom: balgan-beirce.

CANKER, *v. a.* et *n.* 1. Corrupt, corrode: truaill, mill, ith air falbh, cnàmh, caith le. 2. infect, pollute: salaich, truaill. 3. grow corrupt: fàs truaillidh, cnàmh as, searg, 4. decay, by some corrosive, or destructive principle: searg, cnàmh as, caith air falbh.

CANKERED, *adj.* Crosda, ath-ghoirid, cànranach, dranndanach.

CANKEREDLY, *adv.* See Cankered.

CANKEROUS, *adj.* Cnàmhach, a' caitheamh air falbh.

CANKERY, *adj.* Meirgeach.

CANNIBAL, *s.* Fear-ithe feòla dhaoine.

CANNIBALLY, *adv.* Air mhodh fhir-ithe feòla dhaoine.

CANNON, *s.* Gunna mòr.

CANNONING, *s.* Bragh, *no*, stàirneach gunna mhòir.

CANNONEER, *s.* Gunnair, gunnadair.

CANNOT, *adv.* Cha' urrainn, cha 'n 'eil e an comas, cha ghabh e bhith.

CANNY, *adj.* Laghach, grinn, sicir, seòlta, innealta.

CANOA, } *adj.* Bàta dh'aon mhaide, curach Innsean-
CANOE, } ach, coit chladhaichte.

CANON, *s.* 1. A rule, law: riaghailt, lagh. 2. the laws made by ecclesiastical councils: lagh àird-chléir, reachd-eaglais, cléir-lagh. 3. the books of Holy Scripture: naomh ṙeachd, ceart-ṙiaghailt, an sean tiomnadh agus an tiomnadh nuadh, na sgriobtuirean naomha. 4. a dignitary in cathedral churches: àrd-fhear de 'n chléir Shasunnach. 5. canon regular: àrd-mhanach. 6. canon secular: co-shearmonaiche sagairt. 7. a large sort of printing letter: litir mhòr chlòdha.

CANON-BIT, *s.* Cabstair, sparrag sréine, mìreanach.

CANONESS, *s.* Ban-shagart.

CANONICAL, *adj.* 1. According to the canon: riaghailteach, laghail, a ṙéir reachd-eaglais, a ṙéir cléir-lagh. 2. constituting the canon: laghail, ceart, riaghailteach, fìrinneach. 3. regular, fixed by ecclesiastical laws: suidhichte, riaghailteach, air a shuidheachadh le lagh na cléire. 4. spiritual, ecclesiastical, relating to the church: spioradail, a bhuineas do 'n eaglais.

CANONICALLY, *adv.* See Canonical.

CANONICALNESS, *s.* Cléir-ṙiaghailteachd, laghaileachd.

CANONICALS, *s.* Làn-uidheam fir-cléire, làn-deise fir-cléire.

CANONICATE, *s.* Dreuchd is inbhe àird-fhir cléire.

CANONIC, *adj.* See Canonical.

CANONIST, *s.* Fear eòlach an lagh na cléire, fear teagaisg lagha na cléire.

CANONIZATION, *s.* Cur an àireamh nan naomh, naomh-dheanamh.

CANONIZE, *v. a.* Dean 'n a naomh, cuir an àireamh nan naomh, naomhaich.

CANOPIED, *adj.* Còmhdaichte le sgàil-bhrat.

CANOPY, *s.* Sgàil-bhrat, còmhdach rìoghail, ceann-bhrat.

CANOPY, *v. n.* Còmhdaich le sgàil-bhrat, sgaoil sgail-bhrat thairis air.

CANOROUS, *adj.* Ceòlach, ceòl-bhinn, ceòlmhor, fonnmhor.

CANOROUSNESS, *s.* Ceòlmhorachd, fonnmhorachd.

CANT, *s.* 1. A corrupt dialect used by beggars and vagabonds: ceàird-chainnt, gràisg-chòmhradh. 2. a particular form of speaking peculiar to some class or body of men: dòigh-labhairt luchd-ceàird sam bith, dreuchd-chainnt. 3. a whining pretension to goodness: cainnt shleamhuinn, cainnt chealgach. 4. barbarous jargon: cainnt choimheach, focail-fhuadain, blialam. 5. auction. See Auction. 6. an angle, a corner, a niche: oisinn, uileann, cùil.

CANT, *v. a.* et *n.* 1. See Auction, *v. a.* 2. bid a price at an auction: tairg air, thoir tairgse. 3. talk in the jargon of particular professions: labhair cainnt-ceàirde, bi dreuchd-chainnteach.

CANTATA, *s.* Òran, òran nan car.

CANTEEN, *s.* Cana saighdeir, staoin-shoitheach saighdeir.

CANTATION, *s.* Seinn, gabhail òrain, canntaireachd.

CANTER, *s.* Cealgair, mealltair.

CANTER, *v. n.* Bi trotan, trot, ceum gu grad.

CANTHARIDES, *s.* Cuileagan Francach.

CANTHUS, *s.* Iomall na sùla, oisinn na sùal.

CANTICLE, *s.* 1. A song, used generally for a song in Scripture: òran, dàn, òran Sholaimh. 2. a division of a poem, a canto: dàn, duan.

CANTION, *s.* Òran, rann, cantuinn.

CANTLE, *s.* Mìr, earrann, bloigh.

CANTLE, *v. a.* Dean 'n a mhìribh, no, na bhloighdibh.

CANTO, *s.* 1. A book or section of a book: leabhar, earrann de leabhar, duan. 2. the treble part of a song or musical composition: àrd-fhonn òrain, àrd-cheòl innil ciùil.

CANTON, *s.* 1. A small parcel or division of land: earrann, roinn, mir-fearainn, taobh-dùthcha. 2. a small community or clan: finne, treubh, dream.

CANTON, *v. a.* Roinn, 'n a earrannaibh, roinn dùthaich.

CANTONIZE, *v. a.* Dean min-roinn, roinn 'n a earrannaibh.

CANTONMENT, *s.* Earrann baile 's am bheil cairtealan shaighdearan.

CANTRED. Ceud, cùig fichead.

CANTY, *adj.* Sunndach, cridheil, aighearach, cainnteach.

CANVASS, *s.* 1. A kind of linen cloth woven, for several uses, as sails, painting cloths, tents: aodach cainbe, cainb-aodach, aodach còrcaich, aodach phaillun is sheòl. 2. the act of sifting voices, or trying them previously to the decisive act of voting: min-rannsachadh, sgrùdadh, dian-iarruidh.

CANVASS, *v. a.* et *n.* 1. Sift, examine: min-rannsuich, sgrùd. 2. debate, discuss: connsaich, lorgaich a mach, lean gu 'chùl, fiach barailean. 3. solicit, try votes: iarr cuideachadh, iarr fàbhar.

CANVASSER, *s.* Fear-iarraidh, fear siridh càirdeis.

CANY, *adj.* Cuilceach, làn cuilce.

CANZONET, *s.* Òran beag, duanag.

CAP, *s.* 1. The garment that covers the head: currachd, ceap, còmhdach cinn. 2. the ensign of the cardinalate: currachd sagairt. 3. a reverence made by uncovering the head: currachd gu làr, boineid an dòrn. 4. the topmost, the highest: currachd bidein, mullach. 5. a vessel made like a cap: cupa, cuach, bigean. 6. cap of a great gun: aparan gunna mhòir. 7. cap of maintenance: currachd an righ. 8. setting a man's cap: deanamh amadain dheth. 9. setting her cap at him: cocadh a curraichd ri, feuchainn an toir e 'n aire dh' i.

CAP, *v. a.* et *n.* 1. Cover on the top: còmhdaich, cur currachd air. 2. deprive of the cap: thoir am mullach dheth, cuir an currachd dheth, dean maol. 3. *cap verses:* ainmich rann co-fhreagarrach, aithris rann freagarrach, dean aithris rann an còmhstri. 4. uncover the head by way of salutation: dean ùmhlachd, thoir boineid gu làr.

CAP À PÈ, } *s.* O mhullach gu bonn, o churrachd
CAP À PIÈ, } gu bròg.

CAPABILITY, *s.* Comas, cumhachd, murrachas.

CAPABLE, *adj.* 1. Sufficient to contain, sufficiently capacious: comasach, farsuing, a 's urrainn, mòr gu leòir. 2. endued with powers equal to any particular: comasach, murrach. 3. intelligent, able to understand: tuigseach, a bheir fainear. 4. intellectually capacious, able to receive: comasach, a thuigeas, a bheir fainear. 5. susceptible: aig am bheil comas faireachduinn, beothail, a dh' fhairicheas. 6. qualified for without any natural impediment: comasach, murrach. 7. qualified for without any legal impediment: freagarrach, iomchuidh 8. hollow: fàs, fosgailte.

CAPABLENESS, *s.* Comasachd, murrachas, iomchuidheachd, freagarrachd.

CAPACIFY, *v. a.* Dean murrach, dean comasach, dean freagarrach.

CAPACIOUS, *adj.* 1. Wide, large, able to hold much: mòr, farsuing, luchdmhor. 2. extensive, equal to much knowledge or great design: comasach, murrach, farsuing.

CAPACIOUSLY, *adv.* See Capacious.

CAPACIOUSNESS, *s.* Farsuingeachd, meudachd, luchdmhorachd.

CAPACITATE, *v. a.* Dean comasach, dean murrach, dean iomchuidh, deasaich, ullaich.

CAPACITY, *s.* 1. The power of holding or containing any thing: urrainn, comas, meud, leud, farsuingeachd. 2. room, space: meud, leud, farsuingeachd, ionad fosgailte. 3. the force or power of the mind: comas, ceud-fàth, tuigse. 4. power, ability: comas, cumhachd, murrachas. 5. state, condition, character: cor, inbhe.

CAPARISON, *s.* Each-aodach, còmhdach rìomhach eich.

CAPARISON, *v. a.* 1. Dress in caparisons: cuir culaidh rìomhach air each, sgeudaich each. 2. dress pompously in a ludicrous manner: sgeadaich gu rìomhach, sgeadaich gu faicheil.

CAPE, *s.* 1. Headland, promontory: rudha, ceann-tìre, maol, rinn, roinn. 2. the neck piece of a cloak: currachd, bann-bràghaid.

CAPER, *s.* 1. A leap, a jump, a skip: leum, sùrdag. 2. an acid pickle: seòrsa de pheabar goirt.

CAPER-CUTTING, *s.* Leumadaich, sùrdagaich, mireag, ruideas.

CAPER, *v. n.* 1. Dance frolicsomely: leum, danns. 2. skip for merriment: leum, bi mireagach, bi beiceasach, geàrr sùrdagan. 3. dance, spoken in contempt; dànns an àird, crath thu féin, bi leumadaich.

CAPERER, *s.* Leumadair, dannsair.

CAPILLAMENT, *s.* Ròineanan beaga 'm meadhon blàth-luis.

CAPILLARY, *adj.* 1. Resembling hairs, small, minute: mar ròineig, caol, meanbh. 2. applied to vessels of the body, small: caol, lag, meanbh.

CAPILLARY, *s.* Lus, no, cuisle chaol.

CAPILLATION, *s.* Cuisle chaol, mar ròineig.

CAPITAL, *adj.* 1. Relating to the head: a bhuineas do 'n cheann. 2. criminal in the highest degree, so as to touch life: mor-chiontach, ro-choireach, toilltinneach air bàs. 3. that which affects life: cunnartach, anns am bheil a' bheatha an cunnart, a dh' fhaodas a' bheatha thoirt air falbh. 4. chief, principal: prìomh, àrd, mòr, àraidh. 5. chief, metropolitan: prìomh, àrd. 6. applied to letters, large: mòr. 7. capital stock: airgiod tòiseachaidh.

CAPITAL, *s.* 1. The upper part of a pillar: ceann cuilbh, mullach. 2. the chief city of a nation, or kingdom: priomh-bhaile, àrd-bhaile, baile-cinn, ceud-bhaile, àrd-chaithir. 3. the stock with which a tradesman enters upon business: earras, airgid tòiseachaidh. 4. a large letter, or type: litir mhòr.

CAPITALIST, *s.* Fear aig am bheil airgiod 'n a thàmh.

CAPITALLY, *adv.* See Capital, *adj.*

CAPITALNESS, *s.* Coire mhòr, coire bhàs-thoilltinneach.

CAPITATION, *s.* 1. Numeration, by heads: cunntas cheann, àireamh cheann. 2. taxation on every individual: cìs air gach duine, cìs cheann.

CAPITE, *s.* Seilbh rìoghail.

CAPITULAR, *s.* 1. The body of the statutes of a chapter: brìgh-sgrìobhaidh reachdan cùirt cléire. 2. a member of a chapter: ball de chùirt cléire.

CAPITULARY, *adv.* Coltach ri cùirt cléire.

CAPITULARY, *adj.* A bhuineas do chléir eaglais mhòir.

CAPITULATE, *v. n.* 1. Draw up any thing in heads, or articles, agree together in a charge: sgrìobh sìos an cinn, cuir an òrdugh chinn-sgrìobhaidh. 2. yield, or surrender up on certain stipulations: geill air chùmhnantaibh, strìochd air chumha.

CAPITULATION, *s.* 1. Stipulation, terms, condition: cumha géilleadh, cùmhnantan striochdaidh. 2. reduction into heads, or articles: cur sìos fuidh chinn, sgrìobhadh chinn chùmhnantan.

CAPITULATOR, *s.* Fear sgrìobhaidh chinn chùmhnantan.

CAPITULE, *s.* Aithris sùim cùise.

CAPOCH, *v. a.* Thoir an currachd dheth.

CAPON, *s.* Coileach spoithte, cullach coilich.

CAPON, *v. a.* Spoth coileach.

CAPRICE, } *s.* Sròineas, neònachas, seilleanachd,
CAPRICHIO, } gogaideachd, mùiteachd.

CAPRICIOUS, *adj.* Neònach, iongantach, mùiteach gogaideach, neo-chunbhalach.

CAPRICIOUSLY, *adv.* See Capricious.

CAPRICIOUSNESS, *s.* Neònachas, neo-chunbhalachd, mùiteachd.

CAPSULE, *s.* Cochull frois nan luibhean.

CAPSULAR, } *adj.* Fàs, mar chisteig, mar fhàs-
CAPSULARY, } lach.

CAPSULATE, } *adj.* Dùinte, air a dhruideadh a
CAPSULATED, } steach ann am bocsa.

CAPTAIN, *s.* 1. A chief commander: àrd-cheannard, ceann-feadhna, ceann-feachd. 2. the chief of any number, or body of men: ceannard. 3. a man skilled in war: ceann-feachd, ceannard. 4. the commander of a company, in a regiment: ceannard buidheann freiceadain, caiptean. 5. the chief commander of a ship: ceannard-luinge sgiobair, maighstir luinge, caiptean soitheich. 6. captain-general: àrd cheann-feachd.

CAPTAINSHIP, *s.* 1. The condition, or post of a chief commander: ceannardachd, uachdranachd, ionad ceannaird. 2. the rank, quality, or post of a captain: àite caiptein, caipteanachd, ceannascheud. 3. the chieftainship of a clan, or the government of a certain district: ceannardachd. 4. skill in the military art: eòlas-cogaidh.

CAPTATION, *s.* Suiridh, gabhunn, moladh, miodal.

CAPTION, *s.* Glacadh, glacadh laghail, deanamh priosanach dheth, beirsinn.

CAPTIOUS, *adj.* 1. Given to cavils, eager to object: beumnach, connspoideach, corrach, tiolpach, frionasach frithearra, crosda, feargach. 2. insidious, ensnaring: cuilbheartach, carach, cealgach, innleachdach.

CAPTIOUSLY, *adv.* See Captious.

CAPTIOUSNESS, *s.* Eangarrachd, frithearachd, tiolpachd, frionas, crosdachd.

CAPTIVATE, *v. a.* 1. Take prisoner, bring into bondage: cuir an làimh, cuir am prìosan, glac, thoir am braighdeanas. 2. charm, overpower with excellence, subdue: glac, buail le déidh, cìosnaich ceannsaich. 3. enslave: dean 'n a thràill, thoir fuidh dhaorsa.

CAPTIVATION, *s.* Glacadh, ceannsachadh, cur an làimh.

CAPTIVE, *s.* 1. One taken in war, a prisoner to an enemy: ciomach, braighde, prìosanach. 2. one charmed, or ensnared by beauty, or excellence: fear-géillidh, fear an gaol, prìosanach, braighde.

CAPTIVE, *adj.* Glacta, prìosanaichte, am braighdeanas, daor.

CAPTIVE, *v. a.* Glac, prìosanaich, cuir fuidh dhaorsa.

CAPTIVITY, *s.* 1. Subjection by the fate of war, bondage: ciomachas bruid, braighdeanas, daorsa, tràillealachd. 2. slavery, servitude: daorsa, tràillealachd.

CAPTOR, *s.* Glacadair, fear-tabhairt fuidh chìs.

CAPTURE, *s.* 1. The act, or practice of taking any thing: glacadh, creachadh. 2. the thing taken, a prize: creach, cobhartach, spuinneadh.

CAPTURE, *v. a.* Glac, glac mar chreach.

CAR, *s.* Càrn, carbad, feun, carbad-cogaidh.

CARABINE, } *s.* 1. A small sort of fire arm, shorter
CARBINE, } than a fusil: gunna marcaiche, geàrr-ghunna. 2. he who is armed with a carabine, or carbine: fear-giùlain geàrr-ghunna.

CARABINEER, *s.* Marcaich geàrr-ghunna, aon de 'n mharc-shluagh eutrom.

CARACOLE, *s.* Siaradh, imeachd cham.

CARACOLE, *v. a.* Siar, imich air siaradh.

CARAT, } *s.* 1. A weight of four grains: tomhas
CARACT, } cheithir gràinnean. 2. a manner of expressing the fineness of gold: tomhas òir.

CARAVAN, *s.* Buidhnean luchd-turuis 's an àirde 'n ear, luchd-siubhail.

CARAVANSARY, *s.* Òsd-thigh 's an àirde 'n ear.

CARAWAY, *s.* Lus-mhic-chuimein.

CARBONADO, *s.* Meanbh ghearradh feòla, sliseagan feòla.

CARBONADO, *v. a.* Geàrr, sliseagaich.

CARBUNCLE, *s.* 1. A jewel shining in the dark like a lighted coal, or candle: seud dealrach, clach-uasal, leug loinnreach, carbuncul. 2. red spots, or pimples breaking out upon the face, or body: guirean, plucan dearg.

CARBUNCLED, *adj.* 1. Set with carbuncles: a dèarsadh le carbunculaibh. 2. spotted, deformed with carbuncles: guireanach, plucanach.

CARBUNCULATION, *s.* Blàth-dhàthadh, blàth-shearg-adh.

CARCASS, *s.* 1. A dead body of any animal: cairbh, closach, corp marbh. 2. body, in a ludicrous sense: clasach, corp. 3. the decayed parts of any thing, the ruins, the remains: ablach, conablach, fuigheall. 4. the main parts naked without competition, or ornament: cairbh, ablach.

CARCELAGE, *s.* Duais luchd-gleidhidh prìosain.

CARCERAL, *adj.* A bhuineas do phrìosan.

CARD, *s.* 1. A paper painted with figures used in games of chance, or skill: cairt, cairt-chluiche. 2. the paper on which the winds are marked for the mariner's compass: cairt, cairt-iùil. 3. the instrument with which wool is carded: càrd, sgrìobaan.

CARD, *v. a.* et *n.* 1. Comb, or comminute wool with a piece of wood: càrd, cìr. 2. mingle together: measgaich, co-mheasgaich. 3. disentangle as the carder separates what is coarse from the fine: càrd. 4. game, play much at cards: cluich, bi cluich air chairtean.

CARD-TABLE, *s.* Clàr-chairtean.

CARDER, *s.* 1. One that cards wool: fear-càrdaidh, fear-cìridh. 2. one that plays much at cards: fear-cluich chairtean, carraiche.

CARDIAC, } *adj.* Neartachail, iocshlainteach, a'
CARDIACAL, } bheothaicheas an cridhe.

CARDIALGY, *s.* Losgadh-bràghaid, glas-shileadh.

CARDINAL, *adj.* Prìomh, àrd, uarramach, sònruichte.

CARDINAL, *s.* 1. One of the chief governors of the Romish Church: prìomh-fhear cléire phàpanaich, prìomh-dhiadhair an eaglais na Ròimhe. 2. the name of a woman's cloak: falluin-boirionnaich.

CARDINAL'S-FLOWER, *s.* Lus an diadhair.

CARDINALATE, } *s.* Dreuchd, is inbhe, prìomh-
CARDINALSHIP, } dhiadhair an eaglais na Ròimhe.

CARDINALISE, *v. a.* Dean prìomh-dhiadhair pàpanach.

CARDING, *s.* Cluich air chairtean.

CARDMAKER, *s.* Saor-chàrd, fear-dèanaimh chàrd.

CARDMATCH, *s.* Cairt thioram, cairt phronnuisc.

CARDUUS BENEDICTUS, *s.* See Thistle.

CARE, *s.* 1. Solicitude, anxiety: cùram, iomagain, dearmail, trioblaid-inntinn. 2. caution: aire, faicill, umhaill. 3. regard, charge: cùram, aire, gléidheadh, suim, umhaill. 4. the object of care, of caution, or of love: cùram, aire, iomagain.

CARE, *v. n.* 1. Be anxious, be solicitous: gabh cùram, gabh suim, bi faicilleach. 2. be inclined, be disposed: thoir aire, thoir umhaill, gabh suim. 3. have regard to: gabh spéis, gabh suim.

CARE-CRAZED, *adj.* Iomagaineach, làn cùraim.

CARE-DEFYING, *adj.* Neo-iomagaineach, coma.

CARE-TUNED, *adj.* Muladach, tiamhaidh.

CARE-WOUNDED, *adj.* Leòinte, fuidh throm sprochd, ro-iomagaineach.

CAREEN, *v. a.* Calc, dean dìonach, càirich.

CAREER, *s.* 1. The ground on which a race is run, the length of a course: coimhliong, astar, coimh-ruith, réis, cùrsa. 2. a course, race: réis, coimhliong, cùrsa, coimh-ruith. 3. height of speed, swift motion: dian-ruith, strì-ruith, deann-ruith, deannal. 4. course of action, uninterrepted procedure: siubhal, aghart.

CAREER, *v. n.* Ruith, dean deann-ruith, siubhal gu luath.

CAREFUL, *adj.* 1. Anxious, solicitous, full of concern: cùramach, iomagaineach, faicilleach, suimeil. 2. provident, diligent: cùramach, dìchiollach, faicilleach. 3. watchful, cautious: faireachail, furachail. 4. subject to perturbations, exposed to trouble, full of anxiety: ro-iomagaineach, mi-fhoisdineach.

CAREFULLY, *adv.* See Careful.

CAREFULNESS, *s.* Iomagaineachd, faicilleachd, furachas.

CARELESS, *adj.* 1. Having no care, unconcerned:

mì-chùramach, coma, neo-shuimeil, dearmadach, neo-fhurachail, neo-fhaicilleach. 2. cheerful, undisturbed: gun chùram, sunndach, neo-iomagaineach. 3. unheeded, thoughtless, unconsidered: neo-fhaicilleach, neo-fhurachail, neo-smuaineachail, neo-shuimeil. 4. unmoved by, unconcerned: coma, gun fheart, neo-gluasadach. 5. contrived without care or art: gun dragh, furasda.

CARELESSNESS, *s.* Mi-chùramachd, neo-shuim, dearmadachd.

CARESS, *v. a.* Caidrich, gràdhaich, tàlaidh, dean beadradh, dean brìodal, criadaich.

CARESS, *s.* Criadachadh, brìodal, caidreamh, beadradh, tàladh.

CARGO, *s.* Luchd-luinge, bathar ùr.

CARICATURE, *s.* Dealbh-àbhachdach, dealbh-magaidh, baoth-dhealbh.

CARICATURE, *v. a.* Tarruing samhladh-àbhachdach, dean baoth-dhealbh.

CARICATURIST, *s.* Fear-tarruing baoth-dhealbhan, fear-dèanaimh shamhlachan àbhachdach.

CARIES, *s.* Cnàimh-ghrodadh, lobhadh.

CARIOSITY, *s.* Grodadh, lobhadh.

CARIOUS, *adj.* Grod, lobhta, malcta, breun.

CARK, *s.* See Care, *s.* 1.

CARK, *v. n.* See Care, *v. n.* 1.

CARKING, *s.* See Care, *s.* 1.

CARLE, *s.* 1. A mean, rude, rough, brutal man: bodach-gnù, borb-dhuine. 2. a kind of hemp: còrcach.

CARLE, *v. n.* Bi gnù, bi duairceach, bi bodachail.

CARLINE-THISTLE, *s.* Cluaran soilleir, foghnan soilleir.

CARLINGS, *s.* Slatan socair ùrlair luinge.

CARLISH, *adj.* See Churlish.

CARLISHNESS, *s.* See Churlishness.

CARLOT, *s.* Fear-dùthcha, tuathanach.

CARMAN, *s.* Cairtear, fear-cùirn, fear-carbaid.

CARMINATIVE, *s.* Iocshlaint lasachaidh.

CARMINATIVE, *adj.* A lasaicheas, lasach.

CARMINE, *s.* Dearg, corcur.

CARNAGE, *s.* 1. Slaughter, havock, massacre: àr, marbhadh, casgradh, léir-sgrios, mortadh. 2. heaps of flesh: feòlach.

CARNAL, *adj.* 1. Fleshly, not spiritual: feòlmhor, corporra, collach, miannach. 2. lustful, lecherous, libidinous: feòlmhor, ana-miannach, collaidh.

CARNAL-MINDED, *adj.* Feòlmhor, saoghalta, collaidh.

CARNAL-MINDEDNESS, *s.* Feòlmhorachd, collaidheachd, saoghaltachd.

CARNALIST, *s.* Duine feòlmhor, fear-ana-miannach.

CARNALITE, *s.* Duine saoghalta, neach air am bheil mòr chùram an t-saoghail.

CARNALITY, *s.* 1. Fleshly lust: ana-miann, migheamnuidheachd, ciocras collaidh, feòlmhorachd. 2. grossness of mind: feòlmhorachd, saoghaltachd.

CARNALIZE, *v. a.* Dean feòlmhor, truaill, mill.

CARNALLY, *adv.* See Carnal.

CARNELION, *s.* Clach luachmhor, seud dhath feòla.

CARNEOUS, *adj.* Reamhar, sultmhor, làn.

CARNEY, *s.* Gàilleach.

CIVIL, *adj.* 1. Relating to the community, political: cuideachdail. 2. relating to any man as a member of the community: cuideachdail, comunnach. 3. not in anarchy, not wild: riaghailteach, rianail, dòigheil. 4. not foreign, intestine: cuideachdail, a bhuineas d' ar dùthaich. 5. not ecclesiastical: neo-eaglaiseil, aimsireil. 6. not natural, as a person banished or outlawed, is said to suffer, *civil*, though not natural death: cuideachdail, comunnach. 7. not military: cuideachdail, comunnach, a bhuineas do cheartas na tìre. 8. not criminal: neo-thoillteanach air bàs. 9. civilized, not barbarous: ciùin, modhail, dòigheil, riaghailteach, deadh-bheusach. 10. complaisant, civilized, gentle, well-bred: sìobhalta, suairce, còir, deadh-bheusach, modhail, caoimhneil. 11. grave, sober, not gay nor showy: còir, socrach, suidhichte.
CIVILIZATION, *s.* 1. A law, act of justice, which renders a criminal process civil: cur air cùl dìtidh bàis. 2. the act of civilizing barbarous people: callachadh, ciùineachadh, toirt gu riaghailt.

3. the state of being civilized: rian, riaghailt, deadh-bheus.

Civility, *s.* 1. Freedom from barbarity: riaghailteachd, modhalachd, rian, dòigh. 2. politeness, complaisance: modhalachd, sìobhaltachd, suairceas, grinneas. 3. rule of decency, practice of politeness: modhalachd, sìobhaltachd, suairceas. 4. partaking of the nature of a civilized state: riaghailteachd, rian.

Civilize, *v. a.* Thoir gu riaghailt, ciùinich, teagaisg, callaich, thoir fuidh ghéill do 'n lagh.

Civilizer, *s.* Fear-callachaidh, fear-teagaisg nan allamharach.

Civilly, *adv.* See Civil.

Cizar, *v. a.* Beàrr, lom.

Cize, *s.* See Size.

Clack, *s.* 1. Any thing that makes a lasting and importunate noise: clag, clagan, claban, glagan, fuaim. 2. the clack of a mill: claban, glagan.

Clack, *v. a.* et *n.* 1. Clip wool, that it may weigh less, and so yield less custom to the king: beàrr, geàrr dheth. 2. make a chinking noise: dean glagan, gliong. 3. let the tongue run: bi glagaireachd, dean glagadaich, no, glagaireachd.

Clacker, *s.* Claban, glagan.

Clacking, *s.* Gobaireachd, goileam, glagaireachd faoin chòmhradh.

Clad, *part.* Aodaichte, còmhdaichte, sgeadaichte.

Claim, *v. a.* 1. Demand of right: iarr mar chòir, tagair, agair. 2. call, name: gairm, ainmich.

Claim, *s.* 1. A demand of any thing as due: agradh, agartas, tagradh. 2. a title to any privilege or possession in the hands of another: còir, dlighe. 3. (in law), a demand of any thing that is in the possession of another: iarruidh, agartas, tagradh. 4. a call: gairm, guth, rabhadh.

Claimable, *adj.* Agarrach, so-agraidh.

Claimant, } *s.*
Claimer, } Tagaireach, agarach.

Claimant, *adj.* Iarratach, gearanach.

Clam, *v. a.* et *n.* 1. Clog with any glutinous matter: ragaich, ìion le bìth, righnich, luchdaich le glaodh. 2. be moist: taisich. 3. unite certain sounds in the peal: dean co-fhuaim.

Clamber, *v. n.* Streap, dìrich a suas.

Clamminess, *s.* Rìghneachas, rìghneachd, leanailteachd.

Clammy, *adj.* Glaodhach, righinn, leanailteach, tiugh.

Clamorous, *adj.* Collaideach, bruidhneach, àrd-labhrach.

Clamorously, *adv.* See Clamorous.

Clamour, *s.* 1. Outcry, noise, exclamation, vociferation: collaid, glaodhaich, gaoir, gànraich, caithream. 2. of inanimate things: farum, gaoir, gànraich.

Clamour, *v. a.* et *n.* 1. Stun or overpower with noise: bodhair, dean collaid. 2. make outcries, exclaim, vociferate: glaodh, éigh, dean iollach.

Clamourer, *s.* Glagair, glagaid, fear-collaid, clabastair.

Clamp, *s.* 1. A piece of wood joined to another, as an addition of strength: cnòd, clabhdan. 2. a quantity of bricks: dùn meall.

Clamp, *v. a.* Cuir clabhdan air, cum o shuathadh.

Clan, *s.* 1. A family, a race: teaghlach, cinneadh, fine, treubh. 2. a body or set of persons, in a sense of contempt: sliochd, dream, treubh.

Ciancular, *adj.* Uaigneach, folaichte, dìomhair. ceilte.

Ciancularly, *adv.* See Clancular.

Clandestine, *adj.* Uaigneach, dìomhair, ceilte, neo-laghail.

Clandestinely, *adv.* See Clandestine.

Clandestineness, *s.* Neo-laghalachd, dìomhaireachd, uaigneachd.

Clang, *s.* Gliong, glang, gliogar, gliogarsnaich.

Clang, *v. a.* et *n.* 1. Strike together with a noise: dean gliogarsnaich, thoir glang air. 2. clatter, make a loud shrill noise: gliong, bi gliongarsaich.

Clangour, *s.* Gleadhraich, gliongarsaich.

Clangous, *adj.* Gliongach, glangach, gliogach.

Clank, *s.* Gleadhar, cruaidh-ghliong, farum.

Clanship, *s.* Cinneadas, cinneadalachd.

Clap, *v. a.* et *n.* 1. Strike together with a quick motion so as to make a noise by the collision: buail r' a chéile, buail air a chéile. 2. add one thing to another, implying the idea of something hasty, or unexpected: buail, thoir grad bhuille, spàrr ri. 3. do any thing with a sudden hasty motion, or unexpectedly: buail gu grad, dèan am briosgadh. 4. celebrate or praise by clapping the hands: buail le d' bhasaibh, dean bas-bhualadh, àrdmhol, cliùthaich. 5. infect with venereal poison: cuir an clap air. 6. *clap hands*, plight mutual troth: glac làmh, thoir do làmh. 7. *clap up*, complete suddenly without much precaution: buail thairis. 8. impress on with little formality or delay: spàrr a stigh, cuir an greim, prìosanaich. 9. move nimbly with a noise: gluais, coisich, imich. 10. make a noise, as to knock: buail, thoir farum. 11. enter with alacrity and briskness upon any thing: teann ri, spàrr ri. 12. strike the hands together in applause: buail do bhasan, dean bas-bhualadh.

Clap, *s.* 1. A loud noise made by sudden collision: builie, farum, gleadhar. 2. a sudden or unexpected act of motion: builie, leum. 3. an explosion of thunder: bragh. 4. an act of applause: gàir-fhuaim, iolach. 5. a venereal infection: clap, druis-ghalar,

Clap-dish, *s.* Bigein, cuman, meadar.

Clapper, *s.* 1. An applauder: fear-iolaich, fear-molaidh. 2. the tongue of a bell: teanga, glagan. 3. the clapper of a mill: claban, glagan.

Clapperclaw, *v. a.* Trod, càin, dìo-mol.

Class, *v. a.* Roinn 'n an sreathaibh, roinn 'n an seòrsaibh, cuir 'n an dreamaibh.

Classic, *s.* Ùghdair measail, àrd-ùghdair.

Classification, *s.* Earrannachadh, sreath-roinn, seòrsachadh.

Classify, *v. a.* See Class, *v. a.*

Clatter, *v. a.* et *n.* 1. Strike any thing so as to make it sound and rattle: thoir gleadhar air, buail

sgailc, thoir farum, thoir gliong air. 2. dispute, jar: connsaich, dean brionglaid. 3. make a noise by knocking two sonorous bodies frequently together: gliong, thoir glang, bi ri gliogarsnaich. 4. utter a noise by striking another object: bi gliongarsnaich, gliong, bi straighlich. 5. talk fast and idly: dean blabhdaireachd.

CLATTER, *s.* 1. A rattling noise made by the frequent and quick collision of sonorous bodies: straighlich, gliongarsnaich, gliogarsnaich. 2. any tumultuous or confused noise: straighlich, farum, fuaim, gleadhraich.

CLATTERER, *s.* 1. He who makes any noise: feargleadhraich, gliongair, glagair, clab-sgàin. 2. one who will disclose any light secret: clabstair, gobair, sgiolam.

CLATTERING, *s.* Gleadhraich, straighlich, gliongarsnaich.

CLAVATED, *adj.* Plucach, cnapach, meallach.

CLAUDENT, *adj.* Dùinte, druidte.

CLAUDICANT, *adj.* Crùbach, bacach.

CLAUDICATE, *v. n.* Bi crùbach, bi bacach.

CLAUDICATION, *s.* Crùbaiche, bacaiche.

CLAVICLE, *s.* Cnàimh an t-slinnein.

CLAUSE, *s.* 1. A sentence, a single part of a discourse: cuid, roinn, earrann, cuibhrionn. 2. an article or particular stipulation: pong, punc.

CLAUSURE, *s.* Dùnadh, druideadh, cuing.

CLAW, *s.* 1. The foot of a beast or bird armed with sharp nails: spàg, spòg, cròg. 2. sometimes a hand in contempt: spòg, cròg.

CLAW, *v. a.* 1. Tear with nails or claws: sgrìob, sgròb, reub, tachais. 2. pull as with nails: sgrìob, sgròb. 3. tear or scratch in general: sgrìob, sgròb, srac, reub. 4. flatter: slìob, imlich, dean gabhunn. 5. scold, rail at: troid ri, càin, tilg athais air.

CLAWBACK, *adj.* Miodalach, sodalach, gabhunnach.

CLAWED, *adj.* Spògach, cròcach, iongach.

CLAY, *s.* 1. Unctuous and tenacious earth: criadh, làthach. 2. (in poetry), earth in general: criadh, talamh, duslach. 3. dirt, or moistened earth: clàbar, làthach.

CLAY, *v. a.* Còmhdaich le criadh.

CLAY-COLD, *adj.* Marbh, gun deò, fuar mar am bàs.

CLAY-GROUND, *s.* Talamh criathach, fearann criathach.

CLAY-PIT, Slochd-crèadha, toll-crèadha.

CLAYES, *s.* Cailbhe-caoil.

CLAYEY, CLAYISH, *adj.* Criathach.

CLAYMARL, *s.* Criadh-gheal.

CLAYMORE, *s.* Claidheamh-mòr.

CLAYSTONE, *s.* Clach-crèadha.

CLARIFACTION, *s.* Glanadh, sìoladh, soilleireachadh.

CLARIFY, *v. a.* 1. Purify or clear any liquor: sìolaidh, glan, dean soilleir. 2. brighten, illuminate: sgùr, dean loinnreach. 3. clear up, grow bright: soilleirich, fàs loinnreach, dèars.

CLARION, *s.* Trompaid, buabhall.

CLARITY, *s.* Soilleireachd, gloine, loinnreachd.

CLARY, *s.* Torman.

CLARY, *v. n.* Dean torman.

CLASH, *v. a.* et *n.* 1. Strike one thing against another: buail r' a chéile. 2. act with opposite power or contrary direction: cuir 'n a aghaidh, buail 'n a aghaidh. 3. make a noise by mutual collision: thoir farum, thoir gleadhar, thoir tatag.

CLASH, *s.* 1. A noisy collision of two bodies: tatag, farum, fuaim, gleadhar, gliong. 2. opposition, contradiction: àicheadh, cur an aghaidh.

CLASHING, *s.* Còmh-stri, aimhreit, diomb, àicheadh, cur an aghaidh.

CLASP, *s.* 1. A hook to hold any thing close: cromag, dubhan, clic, bràist. 2. an embrace, in contempt: glacadh, teannachadh.

CLASP, *v. a.* 1. Shut with a clasp: dùin le cromag. 2. catch and hold by twining: glac, greimich. 3. hold with the hands extended: glac, teannaich. 4. embrace: glac, teannaich, teannghlac, dlùthaich ri'ut. 5. enclose: iomdhruid, dlùthaich ri'ut.

CLASPER, *s.* Greimiche.

CLASP-KNIFE, *s.* Sgian-lùthaidh.

CLASS, *s.* 1. A rank or order of persons: dream, treubh, òrdugh. 2. an assembly of persons with a certain division: comunn, treubh, òrdugh, dream. 3. at school: comunn, sreath. 4. a set of beings or things: dream, seòrsa, cuideachd, comunn.

CLEAN, *adj.* 1. Free from dirt, or filth: glan, fìorghlan. 2. free from moral impurity, chaste, innocent, guiltless: glan, geamnuidh, neo-chiontach, ionraic, neo-choireach. 3. elegant, neat, not unwieldy: glan, sgiolta, sgiobalta. 4. not foul with any loathsome disease: glan, slàn, fallain, neothruaillidh. 5. dexterous, not bungling: glan, cruinn, tapaidh, sgiobalta. 6. entire: glan, buileach, iomlan.

CLEAN, *adv.* See Clean, *adj.*

CLEAN, *v. a.* Glan, nigh, sgùr, ionnlaid, cairt.

CLEANLILY, *adv.* See Clean, *adj.*

CLEANLINESS, *s.* 1. Freedom from dirt, or filth: gloinead, neo-thruailleachd. 2. neatness of dress, purity: glainead, cuimireachd, sgioltachd, sgiobaltachd.

CLEANLY, *adj.* 1. Free from dirtiness, careful to avoid filth: glan, grinn, eireachdail, fìnealta. 2. that which makes cleanliness: glanail. 3. pure, innocent, immaculate: glan, neo-chiontach, ionraic, neo-thuaillidh. 4. nice, addressful, artful: grinn, seòlta, tapaidh, sgiobalta, dòigheil.

CLEANLY, *adv.* See Cleanly, *adj.*

CLEANNESS, *s.* 1. Neatness, freedom from filth: gloinead, neo-thruailleachd, cuimireachd, sgioltachd, sgiobaltachd. 2. easy exactness, justness: sgioltachd, sgiobaltachd, cothromachd. 3. purity, innocence: gloine, neo-chiontachd, ionracas, neothruailleachd.

CLEANSABLE, *adj.* So-ghlanaidh.

CLEANSE, *v. a.* 1. Free from filth, or dirt, by washing, or rubbing: glan, nigh, sgùr, ionnlaid. 2. purify from guilt: glan, nigh, ionnlaid, saor. 3. free from noxious humours by purgation: glan, sgùr, purgaidich. 4. scour, rid of all offensive things: sgùr, cairt, glan.

CLEANSER, *s.* Glanadair, sgùradair.

Cleansing, *s.* Glanadh, sgùradh, nighe, ionnlad.

Clear, *adj.* 1. Bright, transpicuous, transparent, luminous: soilleir, soillseach dealrach, dèarsach, loinnreach, glan. 2. perspicuous, sharp: soilleir, fìor-ghlan. 3. not clouded with care, or anger: aoidheil, fosgailte. 4. free from clouds, serene: soilleir. 5. without mixture, pure, unmingled: glan, neo-thruaillidh, neo-mheasgta, soilleir. 6. perspicuous, not obscure: soilleir, so-fhaicsinneach so-thuigsinn. 7. indisputable, evident, undeniable: neo-theagamhach, dearbhta, cinnteach, soilleir. 8. apparent, manifest: soilleir, so-thuigsinn, so-fhaicsinneach, neo-dhorcha. 9. quick to understand, prompt, acute: soilleir, geur. 10. unspotted, guiltless: glan, neo-thruaillidh, neo-chiontach, ionraic. 11. unprepossessed, impartial: dìreach, ceart, gun chlaon-bhreith. 12. free from distress, persecution, or imputed guilt: saor, fuasgailte. 13. free from deductions, or incumbrances: saor, réidh. 14. unencumbered, vacant, unobstructed: fuasgailte, réidh, neo-cheangailte. 15. out of debt: saor, gun fhiachean. 16. unentangled, at a safe distance from any danger, or enemy: saor, fuasgailte, teàruinte. 17. canorous, sounding distinctly: ceòlach, puncail, soilleir. 18. free, guiltless: saor, neo-choireach, neo-lochdach. 19. (used of persons) distinguishing, judicious: soilleir, tuigseach, sicir.

Clear, *adv.* See Clear, *adj.*

Clear, *s.* Ionad réidh, réidhlean.

Clear, *v. a.* et *n.* 1. Make bright: soilleirich, glan, sgùr, soillsich, dean loinnreach. 2. free from obscurity, perplexity, or ambiguity: soilleirich, dean so-thuigsinn, réitich. 3. purge from the imputation of guilt, justify: saor, fìreanaich, glan. 4. cleanse: glan. 5. remove any incumbrance, or embarrassment: réitich. 6. free from any thing offensive, or noxious: glan, sgùr, saor o. 7. clarify, as, to *clear* liquors: glan, sìolaidh, dean soilleir. 8. gain without deduction: dean glan bhuannachd buidhinn, coisinn. 9. confer judgment, or knowledge: soilleirich, soillsich. 10. grow bright, recover transparency: soillsich, fàs loinnireach. 11. be disengaged from incumbrances: bi saor, bi fuasgailte.

Clearage, *s.* Réiteachadh, glanadh air falbh.

Clearance, *s.* Barantas-seòlaidh, teisteanas.

Clearer, *s.* Glanadair, fear-sgùraidh, fear-soilleireachaidh.

Clearing, *s.* Glanadh, saoradh, fìreanachadh.

Clearness, *s.* 1. Transparency, brightness: soilleireachd, loinnearachd, dèarsachd. 2. splendour, lustre: soilleireachd, loinnearachd, dèarsachd. 3. distinctness, perspicuity: soilleireachd, so-fhaicsinneachd. 4. sincerity: soilleireachd, aon-fhilleachd. 5. freedom from imputation of ill: neo-chiontachd, ionracas.

Clearly, *adv.* See Clear, *adj.*

Clear-shining, *adj.* Dèarsach, dealrach, ro-shoilleir.

Clear-sighted, *adj.* Geur, léirsinneach, bior-shuileach, glan-fhradhareach.

Clearsightedness, *s.* Geur-bhreithneachadh, geur-thuigse.

Clearvoiced, *adj.* Glan-ghuthach.

Cleave, *v. a.* et *n.* 1. Divide with violence: sgoilt, spealg, spealt, sgealp. 2. divide, or part naturally: sgar, roinn, dealaich sgaoil. 3. adhere, stick to, hold to: lean rì, dlùthaich, dlùth-lean, greimich. 4. unite aptly, fit: gabh tàthadh, bi freagarrach. 5. unite in concord and interest, adhere: dlùth-lean, aon rì. 6. part asunder: sgoilt, rach as a chéile. 7. suffer division: bi sgoltadh, rach as a chéile, sgealp, spealg.

Cleaver, *s.* 1. A butcher's instrument to cut animals into joints: sgian-sgoltaidh, tuadh-fheòla. 2. a weed: luibh an ladhair.

Cledge, *s.* Farrusg crèadha.

Clef, *s.* Uchdach.

Cleft, *part.* Sgoilte, roinnte.

Cleft, *s.* Sgoltadh, clais, sgàineadh.

Cleg, *s.* Creithleag nan each.

Clem, *v. a.* et *n.* See Starve.

Clemency, *s.* 1. Mercy, remission of severity: iochd, bàigh, tròcair, truas. 2. mildness, softness: caomhalachd, bàigh, tròcaireachd.

Clement, *adj.* Min, ciùin, sèimh, caomhail, tròcaireach, caoimhneil, bàigheil, iochdmhor, caoin.

Clemently, *adv.* See Clement, 1.

Clench, *s.* See Clinch.

Clepe, *v. n.* Gairm, éigh, glaodh.

Clepsydra, *s.* Uaireadair uisge.

Clergical, *adj.* See Clerical.

Clergy, *s.* Cléir.

Clergyable, *s.* A bhuineas do 'n chléir.

Clergyman, *s.* Pears'-eaglais, cléireach, ministeir.

Clerical, *adj.* Ministreil, sagartail.

Clerk, *s.* 1. A clergyman: pears'-eaglais, cléireach, ministeir. 2. a scholar, a man of letters: sgoilear, duine foghluimte. 3. a man employed under another as a writer: cléireach, sgrìobhair. 4. a petty writer in public offices, an officer of various kinds: cléireach. 5. the layman who reads the responses to the congregation in the church: cléireach.

Clerkly, *adj.* Tapaidh, sgoilearach, seòlta.

Clerkly, *adv.* See Clerkly, *adj.*

Clerkship, *s.* 1. Scholarship: cléireachd, sgoilearachd. 2. the office of a clerk of any kind: cléirsinneachd, cléireachd.

Clever, *adj.* 1. Dextrous, skilful: tapaidh, ealanta, innleachdach, deas, eòlach, clis, ealamh. 2. just, fit, proper, commodious: cothromach, iomchuidh, freagarrach. 3. well-shaped, handsome: deas, cumadail, eireachdail.

Cleverly, *adv.* See Clever.

Cleverness, *s.* Tapachd, ealantachd, ealamhachd, cliseachd.

Clew, *s.* 1. A ball of thread: ceirsle. 2. a guide, a direction: stiuradh, fear-iùil.

Clew, *v. a.* 1. Raise the sails in order to be furled: trus, ceirslich, paisg, cruinnich. 2. direct, guide as by a thread: treòraich, stiùir.

Click, *v. a.* et *n.* 1. Catch, or snatch hastily: beir,

thoir teumadh. 2. make a sharp, small successive noise: gliong, bi gliogarsnaich.

CLICK, *s.* Se Clicket.

CLICKER, *s.* Clabastair, gliongair.

CLICKET, *s.* 1. The ring, knocker, or hammer of a door: glagan, òrd-doruis, òrd-sanais. 2. a key: iuchair.

CLIENT, *s.* 1. One who applies to an advocate for counsel and advice: fear-iarraidh comhairle fir-lagha, fear thoirt cùis do dh'fhear-tagraidh. 2. a dependant: fear-eisimeileach.

CLIENTAL, *adj.* Eisimealach.

CLIFF, *s.* Creag, sgòrr, sgùr, stùc.

CLIFFY, *adj.* Sgorach, creagach, stùcach.

CLIFT, *s.* 1. A steep rock. See Cliff, 1. 2. a crack, a fissure: sgoltadh, fosgladh.

CLIFTED, *adj.* Sgorach, bristeach.

CLIFTY, *adj.* See Cliffy.

CLIMACTER, *s.* Àm gàbhaidh, àm cunnairt.

CLIMACTERIC, CLIMACTERICAL, *s.* See Climater.

CLIMATE, *s.* 1. A space on the surface of the earth, measured from the equator to the polar circles: roinn-uarach. 2. a region, or tract of land differing from another by the temperature of the air: dùthaich, tìr, roinn fhuar, no, theth, dhe 'n talamh.

CLIMATE, *v. a.* Còmhnuich, fuirich, tuinnich.

CLIMATURE, *s.* See Climate.

CLIMAX, *s.* 1. Gradation, ascent: dìreadh, ascnadh, éiridh an àirde. 2. a figure in rhetoric: ascnadh-sgeòil.

CLIMB, *v. a.* et *n.* 1. Ascend, mount: dìrich, streap theirig an àirde. 2. ascend up any place: streap, dìrich.

CLIMBABLE, *adj.* Neo-chorrach, so-shreapaidh.

CLIMBER, *s.* One that mounts or scales any place or thing: fear-streapach, streapadair. 2. a plant that creeps upon other supports: lus-streapach.

CLIMBER, *v. n.* Streap, dìrich, rach an àirde.

CLIMBING, *s.* Streapadh, dìreadh.

CLIME, *s.* See Climate.

CLINCH, *v. a.* et *n.* 1. Hold in the hand with fingers bent over it: daingnich, teannaich, dùin, teann. 2. contract or double the fingers: teann-lub, dùin gu teann. 3. bend the point of a nail in the other side: lùb, crom. 4. confirm, fix: daingnich, teannaich, dean dearbhta. 5. hold fast upon: greimich, teann-ghlac.

CLINCH, *s.* 1. A word used in a double meaning, a pun, an ambiguity: geàrr-fhocal, dubh-fhocal, tòimhseachan. 2. that part of a cable which is fastened to the ring of the anchor: còrd-failbheig.

CLINCHER, *s.* Greimich.

CLING, *v. a.* et *n.* 1. Dry up, consume, pine away: tiormaich, caith as, searg. 2. hang upon by twining round, stick to: dlùthaich ri, croch ri, lean ri, greimich. 3. adhere as followers or friends: dlùthaich ri, lean ri.

CLINGY, *adj.* Leantalach, streapach a' chrochas ri, righinn.

CLINIC, CLINICAL, *adj.* Eìsleineach, tinn, euslainteach, iargaineach, air an leabaidh, eucaileach.

CLINIC, *s.* Fear ris a' bhàs, fear air leabaidh a' bhàis.

CLINK, *v. a.* et *n.* 1. Strike so as to make a small sharp noise: thoir gliong air, dean gliong. 2. utter a small, sharp, interrupted noise: gliong, bi gliongarsnaich.

CLINK, *s.* Gliong, glang, gliogradh.

CLINGUANT, *adj.* Gréis-sgeadaichte, rìomhach, grinn-dhèarsach, lòiseamach.

CLIP, *v. a.* et. *n.* 1. Embrace by throwing the arms round. See Clasp, *v. a.* 4. 2. cut with sheers: geàrr, beàrr, lomair, rùisg. 3. curtail, cut short: geàrr dheth, giorraich. 4. confine, hold, contain: dùin, cum a stigh, cuir crìoch roimh.

CLIP, *s.* See Embrace.

CLIPPER, *s.* 1. One that debases coin by cutting: gearradair, bearradair, lomartair. 2. a barber: bearradair, fear-gearradaih feusaig, lomadair.

CLIPPING, *s.* Bearradh, gearradh, lomadh.

CLISH-CLASH, *v. n.* Dean straighlich, dean farum, gliong.

CLIVER, *s.* An lus leanailteach.

CLOAK, *s.* 1. The outer garment with which the rest are covered: falluing, cleòc, earasaid. 2. a concealment, a cover: còmhdach, folach, brat-folaich, sgàil, leisgeul.

CLOAK, *v. a.* 1. Cover with a cloak: cleòc, còmhdaich, cuir falluing air, sgeadaich le earasaid. 2. hide, conceal: còmhdaich, folaich, cleith, ceil.

CLOAKBAG, *s.* Màileid.

CLOCKARD, *s.* See Belfry.

CLOAKEDLY, *adv.* Gu folaichte, os ìosal.

CLOCK, *s.* 1. The instrument which tells the hour by a stroke upon a bell: uaireadair-cluig. 2. What it is of the clock? Ciod an uair a ta e? ten o'clock: deich uairean. 3. the clock of a stocking: guisead. 4. an insect, a beetle: ceàrd-dubhan, daol, daolag. 5. the sound which the hen makes in calling her chickens: gog, gogail.

CLOCK, *v. a.* et *n.* 1. Call as the hen calls her chickens: dean gogail, glaodh. 2. make a noise like a hen: dean gog, bi gogail.

CLOCKMAKER, *s.* Uaireadairiche, fear-dèanaimh, uaireadairean.

CLOCKWORK, *s.* Obair-uaireadair.

CLOD, *s.* 1. A lump of earth or clay: clod, ploc, plod, caob, fòid. 2. a turf, the ground: fòid, sgrath, clod. 3. any thing concreted together in a cluster: meall, ploc, caob. 4. a lump, a mass of metal: meall, mìr, òrd. 5. any thing vile, base and earthy: clod, meall, ploc, plod, ùir. 6. a dolt: clod-cheann, ùmaidh, plodhaisg.

CLOD, *v. a.* et *n.* 1. Pelt with clods: clod, caob. 2. gather into concretions: trus, cruinnich, cuir 'n a mheall.

CLODDY, *adj.* 1. Consisting of earth or clods, earthy, mean, gross, base: clodach, plocach, fòideach, caobach, salach. 2. full of clods, unbroken: clodach, plocach, fòideach, caobach, plodanach.

CLOD-PATE, *s.* Clod-cheann, ùmaidh, plodhaisg.

CLOD-PATED, *adj.* Plodhaisgeach, umpadail, neo-thuigseach.

Clod-poll, *s.* See Clod-pate.

Clog, *v. a.* et *n.* 1. Load with something that may hinder motion : uallaich, luchdaich, sacaich, amail, bac, tromaich, creapuill. 2. hinder, obstruct : amail, bac, cuir dragh air. 3. load, burden, embarass : luchdaich, sacaich, cuir uallach air, amail, bac. 4. coalesce, adhere : greimich, dluthaich ri, lean ri. 5. be incumbered or impeded by some extrinsic matter : bi an amladh, bi air do bhacadh.

Clog, *s.* 1. A load, a weight, any incumbrance hung upon any animal to hinder motion : eallach, slachdan, cudthrom, amaladh, ceap-creapaill. 2. an incumbrance, a hindrance : amaladh, cudthrom, ceap. 3. a kind of additional shoe worn by women to keep them from wet : bròg-uachdair. 4. a wooden shoe : bròg-fhiodha, cloguis.

Clogginess, *s.* Truime, amaladh.

Clogging, *s.* Amaladh, bacadh.

Cloggy, *adj.* Tròm, aimlisgeach, draghail, amalach.

Cloister, *s.* 1. A religious retirement, a monastery, a nunnery : cill-mhanach, tigh chailleachadubha. 2. a piazza. See Piazza.

Cloistered, *adj.* 1. Solitary, inhabiting cloisters : aonarach, aonaranach, mar mhanach. 2. built with piazzas : air a chòmhdach le crom chlachaireachd.

Cloisterer, *s.* Manach-cille.

Cloisteress, *s.* Cailleach-dhubh.

Cloke, *s.* See Cloak.

Cloom, *v. a.* Glaodh, tàth.

Close, *v. a.* et *n.* 1. Shut, lay together : dùin, druid. 2. conclude, end, finish : co-dhùin, crìochnaich, cuir gu ceann. 3. enclose, confine, reposite : dùin, iomdhruid. 4. join, unite fractures : co-cheangail, dùin, tàth, aon, dlùthaich. 5. coalesce, join its own parts together : dlùthaich, dùin, druid, tàth, rach cuideachd. 6. agree upon, join in : còrd, aon. 7. come to an agreement with : dùin ri, còrd. 8. grapple with in wrestling : dùin ri, glac, greimich.

Close, *s.* 1. Any thing shut, without outlet : dùnadh, druideadh, iomdhruideadh. 2. a small field enclosed : mainnir, achadh. 3. the manner of shutting : dùnadh, druideadh. 4. the time of shutting up : dùnadh, druideadh, criochnachadh, tuiteam. 5. a grapple in wrestling : dùnadh, teann-ghlacadh, greimeachadh. 6. pause, cessation, rest : stad, anail. 7. a conclusion or end : ceann, crìoch, deireadh, comh-dhùnadh.

Close, *adj.* 1. Shut fast : dùinte, druidte, iadhta, glaiste. 2. having no vent, without inlet, secret : dùinte, druidte, glaiste, gun fhosgladh, ceilte, dìomhair, uaigneach. 3. confined, stagnant : dùinte, cumhann, gun fhosgladh. 4. compact, solid, dense : teann, daingean, dlùth. 5. viscous, glutinous : tiugh, bìthearra, righinn. 6. concise, brief : goirid, dlù-bhriathrach. 7. joined, without any intervening distance, or space : dlùth, teann air a chéile. 8. approaching nearly : teann, dlùth, fagus. 9. narrow : cumhann. 10. admitting small distance : dlùth. 11. undiscovered : folaichte, dìomhair. 12. hidden, secret : folaichte, dìomhair, ceilte. 13. having the quality of secrecy, trusty : dùinte, dìleas. 14. without wandering, attentive : suidhichte, leagta. 15. full to the point, home : dluth, teann. 16. retired, solitary : dìomhair, folaichte, uaigneach. 17. secluded from communication : dìomhair, os ìosal, leis féin, gun chuideachd. 18. applied to the weather, dark, cloudy : dorch, doilleir, neulach.

Close, *adv.* See Close, *adj.*

Close-banded, *adj.* Dluth-bhuidhneach.

Close-couched, *adj.* Folaichte, cuilbheartach.

Close-fisted, *adj.* Mìodhoir, teann, sanntach.

Close-handed, *adj.* Sanntach, gionach, cruaidh, spìocach, gann, leibideach, mìodhoir.

Close-handedness, *adj.* Cruas, goine, spìocachd, leibideachd, mìodhoireachd.

Close-pent, *adj.* Dùinte, druidte.

Close-tongued, *adj.* Dùinte, faicilleach an labhairt.

Closely, *adv.* See Close, *adj.*

Closeness, *s.* 1. The state of being shut : dùinteachd, druidteachd. 2. narrowness, straitness : cuingead, teanntachd. 3. want of air or ventillation : dùinteachd, druidteachd, mì-chachd. 4. compactness, solidity : dùinteachd, teanntachd, dlùthachd. 5. recluseness, solitude, retirement : dìomhaireachd, uaigneachd, aonaranachd. 6. secrecy, privacy : uaigneachd, dìomhaireachd. 7. covetousness, sly avarice : sanntachd, mìodhoireachd. 8. connection, dependance : aonadh, co-fhreagarrachd, co-chòrdadh.

Closer, *s.* Fear-crìochnachaidh.

Closet, *s.* 1. A small room of privacy and retirement : seòmar uaigneach, seòmar beag, taobh-sheòmar, caol-sheòmar, clòsaid. 2. a private repository of curiosities and valuable things : seòmar-uaigneach, ionad dìomhair.

Closet, *v. a.* 1. Shut up, or conceal in a closet : dùin, glais, teann-dhruid, ceil. 2. take into a closet for a secret interview : thoir a leth taobh, thoir gu ionad dìomhair.

Closet-sin, *s.* Peacadh dìomhair, lochd uaigneach.

Closh, *s.* Crùban.

Closing, *s.* Dùnadh, crìochnachadh.

Closure, *s.* 1. The act of shutting up, reunion : dùnadh, crìochnachadh, aonadh, còrdadh. 2. that by which any thing is closed or shut : dùnadh, druideadh. 3. the parts enclosing, enclosure : dùnadh, iomdhruideadh, iadhadh.

Clot, *s.* 1. Concretion, coagulation, grume : meall, ploc, caob righinn. 2. a dull heavy man : plodhaisg, clod-cheann.

Clot, *v. a.* 1. Form clots or clods : dean meallan, rìghnich, trus 'n a phlocaibh. 2. become gross : tiughaich, fàs toirteil.

Cloth, *s.* 1. Any thing woven for dress or covering : aodach, earradh, eudach, culaidh, còmhdach. 2. the piece of linen spread upon a table : aodach, no, anart bùird. 3. the canvass on which pictures are delineated : cainb'-aodach. 4. any texture put to a particular use : aodach, earradh, còmhdach. 5. dress, raiment : earradh, sgeadachadh, trusgan, culaidh. 6. *cloth* taken absolutely, commonly means a texture of wool : clò, eudach-

clòtha. 7. *pl.* clothes, vestments, dress: earradh, aodach, trusgan.

CLOTHE, *v. a.* et *n.* 1. Invest with garments, cover with dress: aodaich, còmhdaich, sgeadaich, éid. 2. adorn with dress: sgeadaich, eudaich. 3. invest as with clothes: eudaich, còmhdaich. 4. furnish with clothes: eudaich, sgeadaich. 5. wear clothes: caith aodach.

CLOTHIER. *s.* Fear-dèanamh aodaich, *no*, clòtha.

CLOTHING, *s.* Aodach, earradh, trusgan.

CLOTTER, *v. n.* Fàs clodach, trus 'n ad mheallaibh.

CLOTTY, *adj.* Clodach, plocach, cnapach, meallach, righinn.

CLOUD, *s.* 1. The dark cellection of vapours in the air: neul, dubhar, ceò. 2. the veins, marks, or stains in stones, or other bodies: buill dhorcha. 3. any state of obscurity or darkness: neul, dorchadas, dubhar, doilleireachd. 5. any thing that spreads wide, as a crowd, a multitude: neul, trusadh coimhthional.

CLOUD, *v. a.* et *n.* 1. Darken with clouds, obscure: neulaich, dorchaich, doilleirich. 2. make of sullen and gloomy appearance: dorchaich, neulaich. 3. obscure, make less evident: dorchaich, doilleirich. 4. variegate with dark veins: dean dubh-shrianach, no, stiallach. 5. sully, defame: truaill, salaich, dìt, cùl-chàin. 6. grow cloudy: fàs neulach, no, dorch.

CLOUDBERRY, *s.* Oidhreag.

CLOUDCAPT, *adj.* Neulach, speur-bhualadh.

CLOUDCOVERED, *adj.* Neultach.

CLOUDILY, *adv.* See Cloudy.

CLOUDINESS, *s.* 1. The state of being covered with clouds: neultachd, dubharrachd, doilleireachd. 2. want of brightness: neulachd, dubharachd, duibhre, doilleireachd.

CLOUDLESS, *adj.* Soilleir.

CLOUDY, *adj.* 1. Covered with clouds: neulach, ceòthar, dubharach. 2. dark, obscure, not intelligible: dorch, doilleir, dubharach. 3. gloomy, not cheerful: gruamach, duaichnidh. 4. marked with spots or veins: stiallach, srianach, ballach. 5. not bright, wanting lustre or clearness: dorch, doilleir, duaichnidh.

CLOVE, *pret.* of Cleave, which see.

CLOVEN, *part.* Sgoilte, roinnte.

CLOVEN-FOOT, CLOVEN-FOOTED, CLOVEN-HOOFED, *adj.* Crodhanach, ladhrach, iongach.

CLOVER, CLOVER-FLOWER, CLOVER-GRASS, *s.* 1. A species of trefoil: seamrag, seamrag-chapuill, saimir, trì-bhileag, feur-cuir. 2. delicious, and fattening fare: sògh, deadh ionaltradh.

CLOVERED, *adj.* Feurach, seamragach.

CLOUGH, *s.* 1. A cliff, the cleft of a hill: sgòr, sgur, stùc, sgòr-bhéinn. 2. a certain allowance in weight: pailt-thomhas, barrachd.

CLOUT, *s.* 1. A cloth for any mean use: luideag, broineag, clùd. 2. a patch on a shoe, or coat: tuathag, mìr, clùd, bréid, breaban. 3. anciently the mark of white cloth at which archers shot: bréid-comharraidh. 4. an iron plate to keep an axle-tree from wearing: bréid-dìona, aparan-iarruinn. 5. a blow: sgailleag, buille.

CLOUT, *v. a.* et *n.* 1. Beat, strike: buail, lunndraig, slachd, dòrn. 2. patch, mend coarsely: clùd, bréid, cairich, cnòd. 3. cover with a cloth: bréid, clùd. 4. join awkwardly, or coarsely together: clùd, bréid.

CLOUTED, *adj.* Reòdhta, righnichte, plucanach, meallach.

CLOUTERLY, *adj.* Plodhaisgeach, luiristeach, leiristeach, groigeil.

CLOWN, *s.* 1. A rustic, a country fellow, a churl: luiriste, tuaisdear, sgonn-bhalach, bodach. 2. a coarse ill-bred man: balach, sgonn. 3. formerly, a domestic fool, or jester: àmhailteach, amadan-àbhachd.

CLOWN, *v.n.* Bi tuaisdeach, bi, balachail, bi bodachail.

CLOWNAGE, *s.* Tuaisdearachd, luiristeachd, mi-mhodhalachd.

CLOWNERY, *s.* Mi-mhodhalachd, mi-innealtachd, brùidealachd.

CLOWNISH, *adj.* 1. Consisting of rustics, or clowns; relating to them: tuaisdeach, balachail, bodachail, luiristeach. 2. coarse, rough, rugged: mi-innealta, garbh, garg. 3. clumsy, ungainly: tuaisdeach luiristeach, liobasta, sgonnach. 4. uncivil: mi-mhodhail, mi-innealta, balachail.

CLOWNISHLY, *adv.* See Clownish.

CLOWNISHNESS, *s.* 1. Rusticity, coarseness: liobastachd, luiristeachd, mi-mhodhalachd, mi-innealtachd. 2. incivility, brutality: mi-mhodhalachd, brùidealachd, mi-chneasdachd.

CLOWN'S MUSTARD, *s.* Seallan.

CLOY, *v. a.* 1. Satiate, fill beyond desire: lìon, sàsaich, deàrr-lìon, cuir gràin air. 2. claw: tachais. 3. nail up guns: dùin, druid, ceangail a suas.

CLOYLESS, *adj.* Ion-thaitneach, nach toir gràin.

CLOYMENT, *s.* Gràin-bìdh, sàsachadh, teann-shàth seid, sgìos.

CLUB, *s.* 1. A heavy stick, a staff intended for offence: bata, cuaille, lorg, rongais, caman, ploc, slacan. 2. the name of one of the suits of cards: an dubh-bhileach. 3. the shot, or dividends of a reckoning paid by the company, in just proportions: lach, dìoladh-dibhe. 4. an assembly of good fellows: cuideachd, còisir. 5. concurrence, contribution: aon-toil. 6. an old term for a booby: plodhaisg, umpaidh.

CLUB, *v. a.* et *n.* 1. Pay to a common reckoning: pàidh, dìol an lach, cruinnich costas. 2. contribute to a common expense in settled proportions: pàidh roinn, bi cuid fir. 3. join to one effect: trus, cruinnich, aon.

CLUBBED, *adj.* Trom, sgonnach.

CLUBBER, *s.* See Clubbist.

CLUBBISH, *adj.* See Clownish.

CLUBBIST, *s.* Fear-comuinn, ball-còisre.

CLUBFIST, *s.* Ploc-dhòrn.

CLUBFISTED, *adj.* Dòrnach.

CLUBFOOTED, *adj.* Pliutach, spàgach, sgabhrach, cam-chosach.

CLUBHEADED, *adj.* Trom-cheannach, plocach, pleòisgeil.

CLUBLAW, *s.* Lagh-airm, làmh-làidir.
CLUBMAN, *s.* Fear-bata, fear-cuaille.
CLUCK, *v. a.* et *n.* 1. Call as a hen calls chickens: glaodh, dean gogail, dean glocail. 2. call chickens as a hen: bi glocail, glaodh.
CLUE, *s.* See Clew.
CLUMP, *s.* 1. A shapeless piece of wood: sgonn, ploc, cnap. 2. a cluster of trees: badan, bad, doire.
CLUMPER, *v. a.* Dean 'n a chnapaibh, cuir 'n a mheallaibh, trus.
CLUMPS, *s.* Umpaidh, pleodhaisg, sgonn, glogair glogag, glogaidh-ho.
CLUMSILY, *adv.* See Clumsy.
CLUMSINESS, *s.* Luidearachd, luidseachd, tuaisdearachd, cearbachd, neo-làmhachaireachd.
CLUMSY, *adj.* Luidearra, luidseach, cearbach, neo-làmhachair, liobasta, trom, neo-fhìnealta.
CLUNG, *part.* Leanta, greimichte.
CLUNG, *adj.* Caol, gortach, seargta, seacta.
CLUNG, *v. n.* 1. Dry as wood does, when it is laid up after it is cut: tiormaich, seachd, searg. 2. adhere, remain fixed: lean, dlùthaich, greimich.
CLUSTER, *s.* 1. A bunch: bagaid, bagailt, cluigean, dos, gagan. 2. a number of animals gathered together: grunnan, dòrlach, baidne. 3. a body of people collected: grunnan, dorlach, baidne, cròilein, cròileagan.
CLUSTER, *v. a.* et *n.* 1. Collect any thing into bodies: dean bagaideach, cruinnich 'n a ghagaibh, dean grunnair. 2. grow in bunches: fàs 'n a d' ghaganaibh, bi bagailteach.
CLUSTERY, *adj.* Bagaideach, bagailteach, gaganach.
CLUTCH, *v. a.* 1. Hold in the hand, gripe, grasp: dùin, druid, greimich, glais, glac, teannaich. 2. comprise, grasp: greimich, tuig, thoir sglamhadh. 3. contract, double the hand: dùin, druid, teannaich, glais.
CLUTCH, *s.* 1. The gripe, grasp, seizure: greim, greimeachadh, glacadh sglamhadh. 2. generally, in the plural, the paws, the talons: crògan, spògan, màgan. 3. hands in the sense of rapacity and cruelty: spògan, crògan, dubhain, ìngnean.
CLUTTER, *s.* Straighlich, gleadhraich, tartarachd, collaid, farpuis, troimh-chéile.
CLUTTER, *v. n.* Bi straighlich, bi gleadhraich, bi cur troimh chéile.
CLYSTER, *s.* Cliostar.
CLYSTER-PIPE, *s.* Piob-chliostair.
COACERVATE, *v. a.* Trus, cruinnich, càrn, cruach cuir 'n a dhùn, tòrr.
COACERVATION, *s.* Trusadh, càrnadh, cruachadh, cruinneachadh, cur 'n a dhùnaibh, tòrradh.
COACH, *s.* Carbad, carbad-aigheir.
COACH-BOX, *s.* Suidheachan carbadair.
COACHMAN, *s.* Carbadair.
COACT, *v. n.* Co-oibrich, co-shaothraich.
COACTED, *adj.* Aindeonach, ainneartach.
COACTION, *s.* An-toil, ainneart, aindeoin, éiginn.
COACTIVE, *adj.* Ainneartach, a' toirt air.
COACTIVELY, *adv.* See Coactive.
COADJUMENT, *s.* Comh-chuideachadh, còmhnadh.
COADJUTANT, *adj.* A' comh-chuideachadh, a' comh-òibreachadh.
COADJUTOR, *s.* Comh-chuidiche, comh-oibriche.
COADJUTRIX, *s.* Comh-chuidiche, comh-oibriche, bean-chuideachaidh.
COADJUVENCY *s.* Cuideachadh, comh-chuideachadh, còmhnadh, cobhair.
COAGENT, *s.* Comh-oibriche.
COAGMENT, *v. a.* Cruinnich, càrn, cruach, trus, cuir 'n a dhùn.
COAGMENTATION, *s.* Co-chruinneachadh, aonadh, trusadh, cruachadh.
COAGULABLE, *adj.* Slamanach, clodach, tiugh.
COAGULATE, *v. a.* et *n.* 1. Force into concretions: binndich, tiughaich, dean 'n a shlaman, rìghnich. 2. run into concretions, or congelations: fàs slamanach, rìghnich, tiughaich.
COAGULATION, *s.* 1. Concretion, congelation: binndeachadh, righneachadh, deanamh slamain. 2. the body formed by coagulation: slaman.
COAGULATIVE, *adj.* Slamanach, righinn, glaodhach.
COAGULATOR, *s.* Ni a shlamanaicheas, no, a thrusas.
COAK, *s.* See Coke.
COAL, *s.* 1. The common fossil fuel: gual. 2. the cinder of scorched wood, charcoal: gual, gual-fiodha, guaillean. 3. fire, any thing inflamed, or ignited: gual, guaillean.
COAL, *v. a.* 1. Burn wood to charcoal: gual, loisg gu gual. 2. delineate with a coal: gual, comharraich le gual.
COAL-BLACK, *adj.* Dubh, dubh mar ghual.
COAL-BOX, *s.* Bacaid.
COAL-FISH, *s.* Ucsa, saoithean mòr.
COAL-STONE, *s.* Seòrsa de ghual canail.
COALERY, *s.* Toll-guail, slochd-guail.
COALESCE, *v. n.* Unite in masses by spontaneous approximation to each other: aonaich, tàthaich, dlùthaich, coimeasg. 2. grow together, join: comh-fhàs, aonaich.
COALESCENCE, *s.* Aonadh, tàthadh, coimeasgadh, comh-fhàs, binndeachadh.
COALITION, *s.* Aonadh, coimeasgadh, glaodhadh.
COALY, *adj.* Gualach.
COAPTATION, *s.* Comh-fhreagradh, comh-fhreagarrachd.
COARCT, COARCTATE, *v. a.* 1. Straighten, confine into a narrow compass: cumhangaich, teannaich r' a chéile, daingnich, dinn. 2. contract power, restrain: cum a stigh, cum air ais, bac.
COARCTATION, *s.* 1. Confinement: cuinge, cuingeachd, teannachadh, cumail a stigh. 2. contraction of any space: cuinge, cuingead, dlùthachadh, teannachadh. 3. restraint of liberty: bacadh, cuing-cheangal.
COARSE, *adj.* 1. Not refined: truaillidh, neo-fhìnealta. 2. not soft, or fine, used of cloth: garbh, neo-ghrinn, neo-mhìn. 3. rude, uncivil: mi-mhodhail, neo-fhìnealta, neo-shìobhalta, garg. 4. gross, not delicate: neo-fhìnealta, neo-ghrinn. 5. inelegant, rude, unpolished: neo-fhìnealta, neo-shnasmhor, neo-lìomhaidh. 6. not nicely expert: neo-ealanta. 7. mean, not nice, vile: suarach, salach, gràineil.

Coarsely, *adv.* See Coarse.

Coarseness, *s.* 1. Impurity, unrefined state: neo-fhìnealtachd, gairbhe. 2. roughness: gairbhe, gairbhead. 4. grossness, want of delicacy: neo-ghrinneas, drabasdachd, neo-fhìnealtachd. 4. rudeness of manners: mi-mhodhalachd, neo-shìobhaltachd. 5. meanness, want of nicety: tiughad, gairbhe, neo-fhìnealtachd.

Coast, *s.* 1. The edge of the land next the sea: oirthir, cladach, tràigh, còrsa, slios. 2. the border, limit, or frontier of a country: oir, crioch, iomall. 3. a side: taobh. 4. *the coast is clear:* uile ceart.

Coast, *v. a.* et *n.* 1. Sail by, or near to: seòl leis an fhearann, còrsaich. 2. keep close to, or pursue: seòl dhlùth do, lean e, cum teann air. 3. approach, draw near: dlùthaich, teann air.

Coaster, *s.* Còrsair, seòladair cladaich.

Coat, *s.* 1. The upper garment: còta. 2. petticoat: còta bàn. 3. the habit, or vesture as demonstrative of the office: còta, éideadh, aodach. 4. the hair, or fur of a beast, the covering of any animal: còmhdach, calg, fionnadh. 5. any tegument, or covering: còmhdach, còta, sgann, sgannan, co-chull.

Coat, *v. a.* Còtaich, còmhdaich, aodaich.

Coax, *v. a.* Breug, dean miodal ri, tàlaidh, tataidh, meall.

Coax, *s.* Ceann-socharach, clibein, maolan.

Coaxation, *s.* Breugadh, tàladh, tatadh, mealladh.

Coaxer, *s.* Sodalach, fear-brosguil, slìomair.

Cob, *s.* 1. A sort of sea-fowl: faoileannn. 2. the head, or top: ceann, mullach, bidein. 3. a spider: damhan-alluidh. 4. a horse not castrated: stalan.

Cobble, *v. a.* 1. Mend any thing coarsely: càirich, clùd, bréidich, cnòd. 2. make any thing clumsily, or unhandily: dean gu gròigeil, cnòd, dean cearbach.

Cobble, *s.* 1. A fishing-boat: coit. 2. a peeble: clachag.

Cobbler, *s.* 1. A mender of old shoes: bròg-chlùdaire. 2. a clumsy workman in general: gròigean. 3. any mean person: gàrlach, duine dìblidh.

Cobcoals, *s.* Garbh-ghual.

Cobirons, *s.* Iaruinn chnap cheannach.

Cobloaf, *s.* Builionn-chnapanach.

Cobweb, *s.* 1. The web, or net of a spider: lìon an damhain-alluidh. 2. any snare, or trap, implying insidiousness and weakness: lìon, rib, ribe.

Cobweb, *adj.* Lag, faoin, fann, so-bhriseadh.

Coca, *s.* See Cocoa.

Cocciferous, *adj.* Dearcagach.

Coccyx, *s.* An cnàimh cuachach.

Cochineal, *s.* Càrnaid.

Cock, *s.* 1. The male of any bird: coileach. 2. the weathercock: coileach-gaoithe. 3. a spout to let out water, at will: goc. 4. the notch of an arrow: sròn, ruinn. 5. the part of the lock of a gun that strikes with the flint: òrd. 6. a conqueror, a leader: ceannard, fear-iùil, laoch, ceann-feadhna. 7. cock-crowing: gairm-choileach. 8. a cock-boat, a small boat: geòla. 9. a small heap of hay: gurracag, rùcan. 10. the form of a hat: cocadh. 11. the style, or gnomon of a dial: snàthad. 12. the needle of a balance: snàthad. 13. *cock on the hoop:* iollach, ri luath-ghàir. 14. cock and a bull: bladhastaireachd.

Cock, *v. a.* et *n.* 1. Set erect: coc, cum an àirde, tog suas. 2. set up the hat with an air of petulance and pertness: sgrog, coc. 3. mould the form of a hat: coc. 4. fix the cock of a gun: coc, cuir air ghleus. 5. raise hay in small heaps: dean rùcan.

Cockade, *s.* Suaicheantas, fàbhar-mullaich, cocàrd.

Cockaded, *adj.* Suaicheantach.

Cockatrice, *s.* Righ-nathair, nathair-nimhe.

Cockboat, *s.* Geòla, sgoth.

Cockbrained, *s.* Gòrach, gogaideach, amaideach, baoth, neo-shuidichte.

Cockbroth, *s.* Eun-bhrìgh, sùgh-coilich.

Cockcrowing, *s.* Gairm-choileach.

Cocker, *v. a.* Dean beadradh ri, cniadaich, tàlaidh, tataidh, dean ro mhùirneach.

Cockering, *s.* Beadradh, tàladh, tatadh, mùirn.

Cocket, *adj.* Brisg, beothail, tapaidh.

Cocket, *s.* 1. A seal belonging to the king's customhouse: seula tigh-chuspuinn. 2. a warrant or clearance from the customhouse: teisteanas tigh-chuspuinn. 3. a cock-boat: geòla.

Cockle, *s.* 1. A small testaceous fish: coilleag, srùban. 2. a species of poppy, corn rose: cogull, ionntagach.

Cockle, *v. a.* Preas, trus, dean claiseach.

Cockloft, *s.* Lobhta-mullaich, spiris.

Cockney, *s.* Garrach baile mòir, beadagan sràide, Lunnainneach.

Cockpit, *s.* 1. The area where the cocks fight: blàr cath-choileach. 2. a place on the lower deck of a man of war, where are subdivisions for the purser, the surgeon and his mates: seòmar léigh is fir-sporain luinge.

Cockshut, *s.* Dubhadh an fheasgair, beul 'n a h-oidhche.

Cocksure, *adj.* Làn-chinnteach, gun amharus.

Cockswain, *s.* Maighistir na geòla, fear cùraim na geòla.

Coctile, *adj.* Fuinte, air a dheasachadh mar chloich crèadha.

Coction, *s.* Goil.

Cod, } *s.* 1. A sea fish: bodach ruadh, trosg.
Codfish, } 2. any case or husk in which seeds are lodged: cochull, plaosg, mogul. 3. pillow: cluasag, ceann-adhairt.

Cod, *v. n.* Moglaich, cuir an cochull.

Codders, *s.* Luchd-trusaidh, no, tionail peasrach.

Coddy, *adj.* Cochullach, mogullach.

Codger, *s.* Trusaiche, briogaire.

Code, *s.* 1. A book: leabhar. 2. a book of the civil law: leabhar lagha.

Codicil, *s.* Leasachadh tiomnaidh, teismeid, faththiomnadh.

Codle, *v. a.* 1. Parboil: slaop, leth-bhruich. 2. make much of: dean deth, dean beadarrach.

Coefficacy, *s.* Comh-oibreachadh, co-éifeachd.

Coemption, *s.* Comh-cheannachd, ceannachd, comhluath.

COENOBY, *s.* See Cenoby.
COEQUALITY, *s.* Coimh-ionannas, coimh-ionannachd.
COERCE, *v. a.* Bac, ceannsaich, cum a stigh, cum fuidh smachd.
COERCIBLE, *adj.* 1. That may be restrained: so-cheannsachaidh. 2. that ought to be restrained: fiadhaich.
COERCION, *s.* Casgadh, smachd, ceannsachadh.
COERCIVE, *adj.* Ceannsalach, smachdail.
COESSENTIAL, *adj.* Aon-bhitheach.
COETERNAL, *adj.* Comh-shuthainn.
COETERNITY, *s.* Coimh-shìorruidheachd, coimh-bhioth-bhuantachd.
COEVAL, *adj.* 1. Of the same age: comh-aosda. 2. of the same age with another: comh-aosda, comh-aimsireil.
COEVAL, *s.* Comh-aimsireach.
COEXIST, *v. n.* Bi comh-bhitheach.
COEXISTENCE, *s.* Comh-bhith.
COEXISTENT, *adj.* Comh-bhitheach.
COFFER, *s.* 1. A chest generally for keeping money: ciste, cobhan, bocsa 'n airgid. 2. treasure: ionmhas.
COFFIN, *s.* 1. The box or chest in which bodies are put into the ground: ciste-mairbh, ciste-luidhe. 2. a mould of paste for a pye: cisteag, cumadair. 3. a paper case; paipeir-trusaidh, trusadh. 4. the whole of the hoof of a horse's foot above the coronet: bròg.
COFFIN, *v. a.* 1. Enclose in a coffin: cuir an ciste mairbh, marbh-phaisg. 2. enclose, confine: dùin, druid, glais, iomdhruid. 3. cover as with paste: còmhdaich, sguir sgrath air.
COG, *v. a.* et *n.* 1. Flatter, wheedle: brosguil, dean miodal, breug. 2. *cog a die:* dean claon-char. 3. obtrude by falsehood: cuir a steach gu meallta. 4. fix cogs in a wheel: fiaclaich. 5. lie, wheedle: dean breug, bi carach.
COG, *s.* 1. Prevarication, trick: breug, car, cuilbheart. 2. the tooth of a wheel: fiacail. 3. a cock-boat: geòla, bàta beag.
COGENCY, *s.* Cumhachd, neart, spionnadh, neart-impidh.
COGENT, *adj.* Làidir, cumhachdach, a dhearbhas.
COGENTLY, *adv.* See Cogent.
COGGER, *s.* Brosgulaiche, sodalaiche, fear-miodail.
COGGERY, } *s.* Car, cleas, cluain, cuilbheart, breug,
COGGING, } mealladh.
COGGLE-STONE, *s.* Clachag, pullag.
COGITATE, *v. n.* Smuainich, beachdaich, thoir fainear.
COGITATION, *s.* 1. Thought, the act of thinking: smuain, smuainteachadh. 2. purpose: rùn, dùil, beachd. 3. meditation, contemplation: smuaineachadh, beachdachadh, breithneachadh.
COGITATIVE, *adj.* 1. Having the power of thought and reflection: smuainteach, beachdail. 2. given to thought or deep meditation: smuainteachail, beachdail.
COGNATE, *adj.* Càirdeach, dàimheil.
COGNATION, *s.* 1. Kindred, descent from the same original: càirdeas, dàimh, dàimhealachd. 2. relation, participation of the same nature: càirdeas, dàimh.
COGNITION, *s.* Fios, fiosrachadh, eòlas, geur-mhothachadh, dearbhadh, impidh.
COGNITIVE, *adj.* Fiosail, fiosrach, a ghabhas aithne.
COGNIZABLE, *adj.* 1. That falls uuder judicial notice: freagarrach, no, buailteach do 'n bhreitheanas. 2. liable to be tried: freagarrach, o 'n gabhar cunntas.
COGNIZANCE, *s.* 1. Judicial notice, trial: deuchainn, cunntas. 2. a badge by which any one is known: comharradh, suaicheantas.
COGNOMINATE, *v. a.* Ainmich, sloinn, thoir ainm.
COGNOMINATION, *s.* 1. A surname, the name of a family: sloinneadh, cinneadh. 2. a name added from any accident or quality: frith-ainm.
COGNOSCENCE, *s.* Fios, eòlas, aithne.
COGNOSCIBLE, *adj.* 1. That may be known: aithneadail, fiosrach, so-fhaicsinneach. 2. that falls under judicial notice: a bhuineas do.
COHABIT, *v. n.* 1. Dwell with another in the same place: còmhnuich, tuinich, co-thàmh. 2. live together as a husband and wife: bi càraideach, comh-luidh, comh-chaidir.
COHABITANT, *s.* Comh-àitiche.
COHABITATION, *s.* 1. The act or state of inhabiting the same place with another: comh-àiteachas, comh-chòmhnuidh. 2. the state of living together as married persons: comh-luidhe mairiste.
COHEIR, *s.* Comh-oighre.
COHEIRESS, *s.* Ban-chomh-òighre.
COHERE, *v. n.* 1. Stick together: comh-lean, comh-thàth. 2. be well connected, follow regularly in the order of discourse: comh-chroch, comh-chòrd. 3. suit, fit, be fitted: comh-fhreagair, comh-chòrd. 4. agree: comh-chòrd.
COHERENCE, } *s.* 1. That state of bodies in which
COHERENCY, } their parts are joined together, so that they resist divulsion and separation: comh-leanailt, comh-thàthadh. 2. connection, dependency: comh-chrochadh. 3. the texture of a discourse, by which one part follows another regularly: comh-chrochadh, comh-chòrdadh, comh-fhreagradh. 4. consistency in reasoning: comh-chrochadh, comh-chòrdadh, comh-fhreagarrachd, comh-fhreagairt.
COHERENT, *adj.* 1. Sticking together, so as to resist separation: comh-leanailteach. 2. connected, united: comh-cheangailte, comh-chrochach. 3. regularly adapted: comh-chòrdach, comh-fhreagarrach. 4. consistent: comh-fhreagarrach.
COHESION, *s.* 1. The act of sticking together: comh-leanailt. 2. the state of union or inseparability: comh-cheangaltas, comh-thàthadh, aonadh, aonachadh. 3. connection, dependence: comh-chrochadh.
COHESIVE, *adj.* Comh-leanailteach, glaodhach, tàthach, righinn, coimh-ghreimeach.
COHESIVELY, *adv.* See Cohesive.
COHESIVENESS, *s.* Leanailteachd, comh-leanailt.
COHIBIT, *v. a.* Bac, cum air ais.
COHORT, *s.* Còmhlan.
COHORTATION, *s.* Misneachadh, brosnuchadh.
COIF, *s.* Currachd, ceann-aodach, bréid, boineid.

Coif, *v. a.* Bréid, cuir currachd air.
Coifure, *s.* See Coif, *s.*
Coigne, *s.* 1. Extortion: Fòirneart, ana-cothrom, sràcadh. 2. a corner: oisinn, cùil. 3. a wooden wedge used by printers: ginn cloth-bhualaidh.
Coil, *v. a.* Trus, cruinnich, cuairsg, cuir 'n a chuairtibh.
Coil, *s.* 1. Tumult, turmoil, bustle: troimh-chéile, bruaillean, cabhag, eachrais. 2. a rope wound into a ring: trus, cuairteag, còrd-chearcall.
Coin, *s.* 1. A corner: oisinn. 2. money stamped with a legal impression: cùinneadh. 3. payment of any kind: pàidheadh, airgiod, no, luach.
Coin, *v. a.* 1. Mint or stamp metals for money: cùinn. 2. make or invent: cùinn, dealbh.
Coinage, *s.* 1. The art or practice of coining money: cùinneadh, cùineadh. 2. coin, money stamped: cùinneadh. 3. the charges of coining money: costas-cùinnidh. 4. new production, invention: cùinneadh. 5. forgery, invention: dealbh breugach, innleachd.
Coincide, *v. n.* 1. Fall or meet in the same point: coinnich, tachair ri, buail e. 2. concur, be consistent with: comh-aontaich, comh-chòrd, comh-fhreagair.
Coincidence, *s.* 1. The state of bodies or lines falling upon the same point: tachairt, còmhdhalachadh, teachd cuideachd. 2. concurrence: comh-aontachadh, comh-fhreagradh, còmh-chòrdadh.
Coincidency, *s.* Comh-aontachd, comh-fhreagarrachd.
EMBLAZONARY, *s.* Dealbhan air sgiathan cogaidh.

EMBLEM, *s.* 1. Inlay, enamel: lìnig. 2. an occult representation, an allusive picture: samhladh, riochd, coltas, mac-samhailt.

EMBLEM, *v. a.* Samhlaich, riochdaich.

EMBLEMATIC, EMBLEMATICAL, *adj.* Samhlach, cosmhuil.

EMBLEMATICALLY, *adv.* See Emblematical.

EMBLEMENTS, *s.* Buannachd treabhaidh.

EMBOLISM, *s.* See Intercalation.

EMBOSS, *v. a.* 1. Form with protuberances: grabhal, breac cnapaich. 2. engrave with relief, or rising work: grabhal, breac, carbh. 3. enclose: dùin, druid a stigh. 4. hunt hard: ruith, ruaig, lean an t-sealg.

EMBOSSMENT, *s.* 1. Any thing standing out from the rest: éiridh, cnap, grabhaladh. 2. relief, rising work: grabhaladh, obair ghréis.

EMBOW, *v. a.* Cuir bogh' air.

EMBOWEL, *v. a.* 1. Eviscerate, deprive of the entrails: thoir am mionach á. 2. bury within any other substance: cuir am mionach, cuir am broinn.

EMBOWELLER, *s.* Fear-toirt a mach mionach.

EMBRACE, *v. a.* et *n.* 1. Hold fondly in the arms: glac, cniadaich, caidrich, pòg. 2. seize ardently, or eagerly, welcome: fàiltich, cuir furan air. 3. comprehend, take in: gabh a stigh, fill ann. 4. comprise, enclose: dùin a stigh. 5. admit, receive: gabh ri. 6. join in an embrace: bi glacadh gu caidreach.

EMBRACE, EMBRACEMENT, *s.* Glacadh caidreach, pòg, fàilteachadh, cniadachadh, caidreamh.

EMBRACER, *s.* Fear-caidreamh, cniadaiche.
EMBRACING, *s.* Glacadh caidreach, pògadh, fàilteachadh, cniadachadh.
EMBRASURE, *s.* Bàrr'-bhalla.
EMBROCATE, *v. a.* Suath le acfuinn leighis.
EMBROCATION, *s.* Suathadh le acfuinn leighis.
EMBROIDER, *v. a.* Cuir obair ghréis air, blàth-oibrich, gréis.
EMBROIDERER, *s.* Fear-dèanaimh obair ghréis.
EMBROIDERY, *s.* Obair-ghréis.
EMBROIL, *v. a.* 1. Confuse, distract: aimhreitich, cuir thar a chéile, tog caonnag, buair. 2. perplex, entangle: aimhreitich, dean mi-rìaghailt, cuir an imcheist, cuir an amladh.
EMBROILMENT, *s.* Aimhreit, buaireas, troimh chéile.
EMBRYO, EMBRYON, *s.* 1. The offspring yet unfinished in the womb: ceud-fhàs, torrachas an-abuich. 2. the state of any thing yet unfinished: anabuicheachd.
EMBRYON, *adj.* Anabuich.
EMENDATION, *s.* Leasachadh, càramh, ceartachadh atharrachadh, deanamh ni 's feàrr.
EMENDATOR, *s.* Fear-leasachaidh, fear-càramh.
EMENDATORY, *adj.* A' leasachadh, a' deanamh ni 's feàrr.
EMERALD, *s.* Smarag.
EMERGE, *v. n.* 1. Rise out of any thing in which it is covered: éirich an àirde, thig an uachdar, thig as. 2. issue, proceed: thig a mach, thig am fradharc, plaosg. 3. rise, mount from a state of depression and obscurity: thig am fradharc, nochd thu féin.
EMERGENCE, EMERGENCY, *s.* 1. The act of rising out of any fluid by which any thing is covered: éiridh an uachdar. 2. the act of rising into view: teachd am fradharc, plaosgadh. 3. unexpected casualty: tubaist, càs, tachartas.
EMERGENT, *adj.* 1. Rising into view: ag éiridh, a' teachd am follus. 2. proceeding, or issuing from any thing: sruthadh, a' teachd o. 3. sudden, unexpected, casual: tuiteamach, tubaisteach, cruadalach.
EMERODS, EMEROIDS, *s.* Neasgaidean fola.
EMERSION, *s.* Éiridh, teachd am fradharc.
EMERY, *s.* Seòrsa mèinn iaruinn.
EMETIC, *s.* Purgaid thilgidh.
EMETIC, EMETICAL, *adj.* Sgeitheach, a ni dìobhuirt.
EMETICALLY, *adv.* See Emetical.
EMICATION, *s.* Boillsgealachd, drilsean.
EMICTION, *s.* Mùn, fual.
EMIGRANT, *s.* Fear-fuadain, fear-iomraill, fear-imrich.
EMIGRATE, *v. n.* Rach imrich gu tìr eile, fàg an dùthaich.
EMINENCE, EMINENCY, *s.* 1. Loftiness, height: àirde. 2. summit, highest part: mullach. 3. a part rising above the rest: éiridh. 4. exaltation, conspicuousness: àirde mòr-inbhe, meas, urram. 5. supreme degree: mòrachd, àrd onoir. 6. a title given to cardinals: mòrachd.
EMINENT, *adj.* 1. High, lofty: àrd, mòr, urramach. 2. dignified, exalted: urramach, measail, ainmeil. 3. conspicuous, remarkable: sònruichte, comharraichte.
EMINENTLY, *adv.* See Eminent.
EMISSARY, *s.* 1. One sent out on private messages, a spy: fear-brathaidh, teachdaire dìomhair. 2. one that emits, or sends out: fear-cur a mach.
EMISSION, *s.* Leigeadh a mach, leigeadh fo sgaoil.
EMIT, *v. a.* 1. Send forth, let go: leig a mach, cuir uait. 2. let fly, dart: tilg, saighead.
EMMET, *s.* Seangan.
EMMEW, *v. a.* Iom-dhruid, fangaich.
EMOLLIENT, *adj.* Tlàth, tlusail, sèimh, caomh, maoth.
EMOLLIENT, *s.* Iocshlaint thlusail.
EMOLUMENT, *s.* Buannachd, tairbhe.
EMOLUMENTAL, *adj.* Buannachdail, tarbhach.
EMOTION, *s.* Gluasad-inntinn, iomluasgadh.
EMPALE, *v. a.* 1. Fence with a pale: daingnich, cuir callaid mu. 2. fortify: daingnich, cuir callaid mu. 3. enclose, shut in: iomdhruid, dùin a stigh. 4. put to death by spitting on a stake fixed upright: torchuir, troimh-lot.
EMPALEMENT, *s.* Torchradh.
EMPANNEL, *v. a.* Gairm luchd deuchainn gu cùirt.
EMPARK, *v. a.* Iomdhruid, dùin le callaid.
EMPASSION, *v. a.* Cuir fuidh bhuaireas.
EMPEOPLE, *v. a.* Cuir an comunn.
EMPERESS, *s.* Ban mhòr-rìgh, ban mhòr-fhlath.
EMPEROUR, *s.* Mòr-righ, mòr-fhlath.
EMPHASIS, *s.* Neart a' ghutha, cudthrom.
EMPHATIC, EMPHATICAL, *adj.* 1. Forcible, strong, striking: làidir, neartmhor. 2. striking the sight: làidir.
EMPIERCE, *v. a.* Troimh-lot, torchuir, sàth, bior.
EMPIRE, *s.* 1. Imperial power, supreme dominion: uachdranachd, mòr-chumhachd. 2. the region over which dominion is extended: mòr rìoghachd.
EMPIRIC, *s.* Léigh gun eòlas.
EMPIRIC, EMPIRICAL, *adj.* Deuchainneach, teagamhach, a' toirt dheuchainnean.
EMPIRICALLY, *adv.* See Empirical.
EMPIRICISM, *s.* See Quackery.
EMPLASTER, *v. a.* Cuir plàsd' air.
EMPLASTIC, *adj.* Glaodhach, plàsdach, righinn.
EMPLOY, *v. a.* 1. Busy, keep at work, exercise: thoir obair do, oibrich, gnàthaich. 2. use as an instrument: gnàthaich, cleachd. 3. commission: thoir comas do. 4. fill up with business: lìon le gnothaichean.
EMPLOY, *s.* See Employment.
EMPLOYER, *s.* Fear toirt oibre.
EMPLOYMENT, *s.* 1. Business, object of industry: gnothach, obair. 2. business, the state of being employed: dèanamh. 3. office, post of business: dreuchd, cèaird. 4. business intrusted: gnothach.
EMPOISON, *v. a.* See Poison, *v. a.*
EMPOISONER, *s.* Fear-puinsionachaidh.
EMPOISONMENT, *s.* Puinsionachadh.
EMPORIUM, *s.* Baile-margaidh, margadh.

EMPOVERISH, *v. a.* Dean bochd, dean ainnis, thoir gu aimbeart.
EMPOVERISHER, *s.* Fear-deanaimh bochd.
EMPOVERISHMENT, *s.* Aimbeart, bochduinn.
EMPOWER, *v. a.* 1. Authorize, commission: thoir comas, thoir ùghdarras, thoir barantas. 2. give natural force, enable: dean comasach, thoir comas.
EMPRESS, *s.* Ban mhòr-righ, ban-righ.
EMPTIER, *s.* Fear-deanaimh falamh.
EMPTINESS, *s.* 1. Absence of plenitude: falaimhead. 2. a void space: àite falamh. 3. want of substance, or solidity: falaimhead. 4. unsatisfactoriness: falaimhead. 5. vacuity of head, want of knowledge: falaimhead, aineolas.
EMPTY, *adj.* 1. Void, having nothing in it: falamh. 2. evacuated, no longer full: falamh, fàs, faoin. 3. devoid, unfurnished: falamh, easbhuidheach. 4. unsatisfactory, unable to fill the mind or desires: falamh, neo-choimhlionta. 5. hungry: ocrach. 6. vacant of head, ignorant: aineolach. 7. unfruitful, barren: neo-thorrach, seasg. 8. wanting substance, vain: faoin, gun bhrìgh.
EMPTY, *v. a.* et *n.* 1. Evacuate, exhaust: falmhaich tràigh. 2. become empty: fàs falamh, tràigh.
EMPURPLE, *v. a.* Dath dearg.
EMPUZZLE, *v. a.* Cuir an imcheist, cuir am breathal.
EMPYREAL, *adj.* Nèamhaidh, adharail.
EMPYREAN, *s.* Flaitheanas, na nèamhan a 's àirde.
EMPYREUM, EMPYREUMA, *s.* Bràth-losgadh.
EMPYROSIS, *s.* Comh-losgadh.
EMULATE, *v. a.* 1. Rival: dean comh-fharpuis, dean comh-strì, dean strì. 2. be equal to, rise in equality with: dean comh-fharpuis, dean comh-ortas. 3. imitate, copy, resemble: lean cleachdadh neach.
EMULATION, *s.* 1. Rivalry, desire of superiority: comh-fharpuis, comh-ortas, strì, spàirn comh-dheuchainn. 2. envy, desire of depressing another: comh-fharpuis, farmad, eud, comh-stri.
EMULATIVE, *adj.* Comh-fharpuiseach, eudmhor.
EMULATOR, *s.* Comhlannach fear comh-stri.
EMULGE, *v. a.* Bleagh, leig.
EMULGENT, *adj.* A' bleoghan.
EMULOUS, *adj.* 1. Rivalling, engaged in competition: comh-fharpuiseach, eudmhor. 2. factious, contentious: comh-stritheach, comh-fharpuiseach.
EMULOUSLY, *adv.* See Emulous.
EMUSCATION, *s.* Glanadh o mhòinteach.
ENABLE, *v. a.* Dean comasach, thoir comas, neartaich.
ENACT, *v. a.* Daingnich, òrduich, comh-shuidhich, àithn, reachdaich.
ENACT. *s.* Rùn, reachd, òrdugh.
ENACTOR, *s.* Reachadair.
ENAMEL, *v. a.* et *n.* 1. Inlay, variegate with colours: dealtraich, tarruing dealbh an. 2. practise the use of enamel: bi dealtradh.
ENAMOUR, *v. a.* Gràdhaich, cuir an gaol.
ENARRATION, *s.* See Explanation.
ENATATION, *s.* Snàmh.
ENCAGE, *v. a.* Cuir an cuing, cròidh.
ENCAMP, *v. a.* et *n.* 1. Form an army into a regular camp: campaich. 2. pitch tents: campaich.
ENCAMPING, *s.* Campachadh, leagail campa.
ENCAMPMENT, *s.* 1. The act of encamping, or pitching camps: campachadh. 2. a camp: camp, campa.
ENCASE, *v. a.* Dùin am bocsa.
ENCAVE, *v. a.* Foluich an uamhaibh.
ENCHAFE, *v. a.* Feargaich, eargnaich, brosnuich.
ENCHAIN, *v. a.* 1. Fasten with a chain: ceangail air slabhraidh. 2. link together, concatenate: comh-chuibhrich.
ENCHANT, *v. a.* 1. Give efficacy to any thing by songs, or sorcery: cuir fuidh gheasaibh, cuir buitseachd air. 2. delight in a high degree: dean roshòlasach.
ENCHANTER, *s.* Geasadair, druidh, buitseach.
ENCHANTINGLY, *adv.* Le cumhachd druidheachd.
ENCHANTMENT, *s.* 1. Magical charms: geasadaireachd, druidheachd, buitseachd. 2. irresistible influence, overpowering delight: àrd-shòlas, mòr-aoibhneas.
ENCHANTRESS, *s.* 1. A sorceress: buitseach, banfhiosaich. 2. a woman whose beauty, or excellencies give irresistible influence: té mheallaidh gràidh, maise mnà.
ENCHASE, *v. a.* 1. Infit: dùin mu 'n cuairt, ceangail a stigh. 2. engrave: grabhal.
ENCIRCLE, *v. a.* Cuairtich, iomdhruid.
ENCIRCLET, *s.* Cuairt, fàinne.
ENCLOISTER, *v. a.* Dùin an tigh chailleacha dubha.
ENCLOSE, *v. a.* 1. Part from things, or grounds common, by a fence: dùin. 2. environ, encircle, surround: dùin, cuairtich, iomdhruid.
ENCLOSER, *s.* Fear-iomdhruididh.
ENCLOSURE, *s.* 1. The act of enclosing, or environing any thing: dùnadh, iathadh mu, cuartachadh, iomdhruideadh. 3. space enclosed: dùnadh, lann.
ENCOMIAST, *s.* Fear molaidh.
ENCOMIASTIC, ENCOMIASTICAL, *adj.* Moltach.
ENCOMIUM, *s.* Moladh, cliù.
ENCOMPASS, *v. a.* 1. Enclose, encircle: dùin, iomdhruid. 2. shut in, surround, environ: dùin, iomdhruid, cuir an lann. 3. go round any place: cuairtich, iadh mu.
ENCOMPASSMENT, *s.* Cuartachadh, dol mu 'n cuairt, iadhadh.
ENCORE, *adv.* A rìs, uair eile.
ENCOUNTER, *s.* 1. Duel, single fight, conflict: còmhlan comhrag-deise, còmhrag. 2. battle, fight in which enemies rush against each other: cath, còmhrag. 3. eager and warm conversation either of love, or anger: dian chòmhradh. 4. accidental congress: coinneamh, còdhail. 5. accosting, transient, or unexpected address: tachairt, coinneamh.
ENCOUNTER, *v. a.* et *n.* 1. Meet face to face, front: coinnich, cuir aghaidh ri aghaidh. 2. meet in a hostile manner, rush against in conflict: buail air còmhrag, tachair air, cuir aghaidh ri aghaidh. 3. meet with reciprocal kindness: tachair, thoir coinneamh do, coinnich. 4. oppose, oppugn: cuir an

aghaidh. 5. meet by accident: tachair. 6. rush together in a hostile manner, conflict: cog, bi cath, tachair an cath. 7. meet face to face: coinnich.

ENCOUNTERER, *s.* Comhlannach, nàmhaid.

ENCOURAGE, *v. a.* 1. Animate, incite to any thing: misnich, brosnaich, beothaich. 2. give courage to, support, embolden: thoir misneach do, cuir misneach ann.

ENCOURAGEMENT, *s.* 1. Incitement to any action, or practice, incentive: misneach, brosnachadh. 2. favour, countenance, support: misneach, fàbhar, còmhnadh, taobh.

ENCOURAGER, *s.* Fear-misneachaidh.

ENCRIPSED, *adj.* Camagach, dualach, fainneach.

ENCROACH, *v. a.* et *n.* 1. Make invasions upon the right of another: thig air a chrìch, iomghabh. 2. advance gradually and by stealth upon that to which one has no right: thig thar a crìch gun fhios. 3. pass bounds: rach thar a crìch.

ENCROACHER, *s.* Fear gabhail gu mi-łaghail, fear leamh.

ENCROACHMENT, *s.* Gabhaltas, iomghabhail.

ENCUMBER, *v. a.* 1. Clog, load, impede: luchdaich, grab, cuir trom air. 2. entangle, embarrass, obstruct: grab, bac, amail, cuir éir' air.

ENCUMBRANCE, *s.* 1. Clog, load, impediment: cudthrom, trom, uallach, eallach, éire, amladh, grabadh. 2. excrescence, useless addition: uallach, eallach.

ENCYCLOPEDIA, ENCYCLOPEDY, *s.* Uile-fhoghlum, eòlas gach ni.

ENCYCLOPEDIST, *s.* Fear-cruinneachaidh leabhraichean uile fhoghlum.

ENCYSTED, *adj.* Ann am balg.

END, *s.* 1. Extremity, or last part in general: deireadh, crìoch, finid. 2. the last particle of any assignable duration: crìoch, deireadh. 3. the conclusion, or last part of any thing: deireadh, crìoch, ceann. 4. final determination, conclusion of debate, or deliberation: deireadh, comh-dhùnadh. 5. death, decease: crìoch, bàs. 6. cessation, period: deireadh, crìoch. 7. abolition, total loss: crìoch, tilgeadh bun os ceann. 8. consequence, conclusive event: crìoch, deireadh, comh-dhùnadh.

END, *v. a.* et *n.* 1. Terminate, conclude, finish: crìochnaich, cuir crìoch air, thoir gu crìch. 2. destroy, put to death: crìochnaich, marbh. 3. come to an end, be finished: thig gu crìch. 4. die: crìochnaich, bàsaich. 5. terminate, conclude: crìochnaich, comh-dhùin. 6. cease, fail: sguir.

ENDAMAGE, *v. a.* Dochainn, mill, ciùrr.

ENDAMAGING, *s.* Call, milleadh, dolaidh, dochann ciùrradh.

ENDANGER, *v. a.* Cunnartaich, cuir an cunnart, cuir am baoghal.

ENDANGERMENT, *s.* Cunnart, baoghal.

ENDEAR, *v. a.* 1. Make dear, make beloved: tataidh, tàlaidh, tarruing spèis, dean gràdhach. 2. make dear, raise the price of any thing: àrdaich an luach, daoraich.

ENDEARMENT, *s.* 1. The cause of love, means by which any thing is endeared: ionmhuinneachd, gràdhmhorachd, fàth gaoil, beadradh. 2. the state of being endeared: ionmhuinneachd, gràdhmhorachd.

ENDEAVOUR, *s.* Oidhirp, deuchainn, dìchioll, ionnsuidh, saothair.

ENDEAVOUR, *v. a.* et *n.* 1. Attempt, essay: oidhirpich thoir deuchainn, dean dìchioll. 2. labour to a certain purpose, work for a certain end: thoir oidhirp, feuch ri.

ENDEAVOURER, *s.* Fear-deuchainn.

ENDENIZE, *v. a.* See Enfranchise.

ENDER, *s.* Fear-crìochnachaidh.

ENDING, *s.* 1. Conclusion, consequence: crìoch, comh-dhùnadh. 2. termination of life: crìoch, bàs. 3. cessation of any action: crìoch, ceanndeiridh.

ENDITE, *v. n.* Coimh-dhean.

ENDITER, *s.* 1. An accuser: casaidiche. 2. a composer, a writer, an author: sgrìobhadair, ùghdair.

ENDLESS, *adj.* 1. Having no end: neo-chrìochnach, gun cheann. 2. infinite in extent or duration: neo-chrìochnach, maireannach, sìorruidh bith-bhuan. 3. incessant, continual: a ghnàth, siorruidh.

ENDLESSLY, *adv.* See Endless.

ENDLESSNESS, *s.* Maireannachd, maireachduinn, buanas, neo-chrìochnuidheachd, siorruidheachd.

ENDLONG, *adv.* Air fhad.

ENDMOST, *adv.* Aig a cheann a 's faid' as.

ENDORSE, *v. a.* Cùl-sgrìobh.

ENDORSEMENT, *s.* 1. Superscription: cùl-sgrìobhadh. 2. the name of a proprietor or endorser of a bill of exchange: ainm fir-boinne. 3. ratification: daingneachadh.

ENDORSER, *s.* Fear d' am buin a' bhann.

ENDOW, *v. a.* 1. Enrich with a portion: thoir tochradh, thoir cuibhrionn. 2. supply with any external good: thoir cuibhrionn, beartaich. 3. enrich with any excellence: beartaich, dean saoibhir.

ENDOWER, *s.* Fear-buileachaidh cuibhrinn.

ENDOWMENT, *s.* 1. Wealth bestowed to any person or use: saoibhreas, beartas, tiodhlac airgid. 2. the bestowing or assuring a dower: tochradh. 3. gifts of nature: feart, càil, tuigse, eòlas.

ENDUE, *v. a.* Tiodhlaic, bàirig, builich.

ENDRUDGE, *v. a.* Dean tàrlaid dheth.

ENDURANCE, *s.* 1. Continuance: maireannachd, buanas. 2. patience, sufferance: foighidinn, giùlan le. 3. state of suffering: fulang.

ENDURE, *v. a.* et *n.* 1. Bear, sustain: fulaing, giùlain. 2. last, remain, continue: mair, fan, fuirich. 3. brook, bear, admit: giùlain le, fulaing.

ENDURER, *s.* 1. Sustainer: fear-fulaing. 2. continuer, laster: fear a mhaireas.

ENDWISE, *adv.* Air a cheann, 'n a sheasamh dìreach.

ENEMY, *s.* 1. A public foe: nàmh, nàmhaid, eas-caraid. 2. a private opponent: nàmhaid, eas-caraid. 3. one who regards another with malevolence: nàmhaid, fear-fuath, fear-diomb. 4. (in theology) the fiend, the devil: nàmhaid, diabhol, eas-caraid.

ENERGETIC, ENERGETICAL, *adj.* 1. Forcible, strong: làidir, neartmhor. 2. operative, active: gnìomhach, dèanadach.

ENERGETICALLY, *adv.* See Energetical.

ENERGY, *s.* 1. Power, force, vigour: comas, neart, spionnadh, tàbhachd. 2. faculty, operation: feart,

lùth. 3. strength of expression : sgairt, spionnadh.

ENERVATE, *v. a.* Lagaich, meataich.

ENERVATE, *adj.* Lagaichte, meataichte.

ENERVATION, *s.* Meatachadh, lagachadh, anmhunnachadh.

ENFEEBLE, *v. a.* Lagaich, thoir a lùths as, anmhunnaich.

ENFEOFF, *v. a.* Cuir an seilbh, gabh seilbh, tog clach is ùir.

ENFEOFFMENT, *s.* Gabhail seilbh, togail cloich is ùire, bann-seilbhe.

ENFILADE, *s.* Cunglach, bealach cumhang.

ENFORCE, *v. a.* et *n.* 1. Give strength to : neartaich, thoir spionnadh do, spàrr. 2. make or gain by force : faigh, éignich. 3. instigate, provoke, urge on : spàrr, spreod, stuig. 4. urge with energy : sgàrr, earalaich. 5. compel, constrain : coimhéignich. 6. attempt by force : oidhirpich. 7. prove, evince : dearbh.

ENFORCEMENT, *s.* 1. Compulsion : éigneachadh, coimh-éigneachadh. 2. sanction : toil, cead, aont' an uachdarain. 3. urgent evidence : dearbhadh.

ENFORM, *v. a.* See Fashion.

ENFRANCHISE, *v. a.* 1. Admit to the privilege of a freeman : dean 'n a shaoranach, thoir seachad da saorsa baile-margaidh. 2. set free from slavery : saor, thoir saorsa do. 3. release from custody : leig saor, fuasgail o chuibhreach.

ENFRANCHISEMENT, *s.* 1. Investiture of the privileges of a denizen : saorsa baile-marghaidh, saorsa. 2. release from prison or from slavery : fuasgladh, saoradh.

ENGAGE *v. a.* et *n.* 1. Make liable for a debt to a creditor : gabh os làimh, geall, ceangail, freagair air son. 2. impawn, stake : cuir an geall, cuir air son. 3. enlist : fasdaidh, ceangail ri. 4. embark in an affair : gabh gnothach ri. 5. induce, win : coisinn, meall, tàlaidh, tataidh. 6. bind by an appointment : ceangail. 7. employ, hold in business : cuir an gnìomh. 8. encounter, fight : cath. 9. conflict, fight : cog. 10. embark in any business : gabh gnothach os làimh.

ENGAGEMENT, *s.* 1. Obligation : gabhail os làimh, gealladh, cùmhnant. 2. adherence to a party or cause : ceangal, aonadh. 3. employment of the attention : beachdachadh. 4. fight, conflict, battle : cath, còmhrag, blàr.

ENGAGINGLY, *adv.* Air mhodh tàlaidh.

ENGAOL, *v. a.* Prìosanaich, dùin a stigh.

ENGARRISON, *v. a.* Dìan le daingneach.

ENGENDER, *v. a.* et *n.* 1. Beget between different sexes : gin. 2. produce, form : gin, dealbh, cum. 3. excite, cause, produce : thoir a mach, gin. 4. bring forth : beir. 5. be caused, be produced : bi gintinn.

ENGENDERER, *s.* Fear-gintinn, fear-gineamhuinn.

ENGINE, *s.* Inneal, uidheam, beart.

ENGINEER, *s.* 1. One who manages engines : fear-seòlaidh inneal, innleachdair. 2. a maker of engines : fear-dèanaimh innealan.

ENGINERY, *s.* 1. The art of managing artillery : gunnaireachd. 2. artillery : gunnachan mòra. 3. any device or contrivance : innleachd.

ENGIRD, } *v. a.* Iomdhruid, iadh, teannaich, crios-
ENGIRT, } laich.

ENGLAND, *s.* Sasunn.

ENGLISH, *adj.* Sasunnach.

ENGLISH, *s.* 1. The people of England : Sasunnaich. 2. the language of England : Beurla.

ENGLISH, *v. a.* Eadar-theangaich gu Beurla.

ENGLUT, *v. a.* See Glut.

ENGORGE, *v. a.* et *n.* 1. Swallow, devour, gorge : sluig, glam, glut. 2. devour, feed with eagerness and voracity : glut, glam.

ENGRAFTED, *adj.* Suidhichte, air a ìeagadh ann.

ENGRAIN, *v. a.* Dath trom.

ENGRAPPLE, *v. n.* Teann-ghlac, greimich, theirig an casgairt dhòrn.

ENGRASP, *v. a.* Teann-ghlac, gramaich, greimich.

ENGRAVE, *v. a.* 1. Picture of incisions in any matter : grabhal. 2. mark wood or stone : geàrr, grabhail, snaidh. 3. impress deeply, imprint : cuir ail' ann, spàrr air. 4. bury : adhlaic.

ENGRAVER, *s.* Grabhaltaich.

ENGRAVING, *s.* 1. The work of an engraver : grabhaladh, gearradh. 2. the art of engraving : grabhaladh.

ENGROSS, *v. a.* 1. Thicken, make thick : tiughaich, dean dòmhail. 2. increase in bulk : dèan dòmhail, dean tomadach, meudaich. 3. fatten, plump up : dean reamhar. 4. seize in the gross, seize the whole of any thing : glac chugad an t-iomlan. 5. purchase any commodity for the sake of selling at a high price : ceannaich an t-iomlan. 6. copy in a large hand : dean ath-sgrìobhadh garbh.

ENGROSSER, *s.* Fear ceannaich an iomlain.

ENGROSSING, } *s.* Ceannach an iomlain.
ENGROSSMENT, }

ENGULF, *v. a.* Tilg an geotha.

ENHANCE, *v. a.* 1. Raise, advance, heighten in price : àrdaich, tog an luach. 3. raise in esteem : cuir barrachd meas air, àrdaich. 3. aggravate, increase : meudaich, an-tromaich.

ENHANCEMENT, *s.* 1. Increase, augmentation of value : àrdachadh, togail. 2. aggravation, increase of ill : an-tromachadh.

ENHANCER, *s.* Fear-meudachaidh luach.

ENIGMA, *s.* Tòimhseachan, tòimhseagan, dubh-fhocal.

ENIGMATICAL, *adj.* Tòimhseachanach, dorch, teagamhach, doilleir.

ENIGMATICALLY, *adv.* See Enigmatical.

ENIGMATIST, *s.* Fear-thòimhseagan.

ENJOIN, *v. a.* Òrduich, àithn, iarr, earalaich.

ENJOINER, *s.* Fear-òrduchaidh.

ENJOINMENT, *s.* Òrduich, seòladh, àithne.

ENJOY, *v. a.* et *n.* 1. Feel or perceive with pleasure : meal, gabh tlachd ann. 2. obtain possession or fruition of : meal, sealbhaich. 3. please, gladden : taitinn, toilich. 4. live in happiness : bi sona.

ENJOYER, *s.* Fear-seilbh.

ENJOYMENT, *s.* Toil-inntinn, mealtuinn, sonas.

ENKINDLE, *v. a.* 1. Set on fire, inflame : fadaidh, las, beothaich, cuir 'n a theine. 2. incite to any act or hope : dùisg, brosnaich.

ENLARD, *v. a.* Buaic.

ENLARGE, *v. a.* et *n.* 1. Make greater in quantity or appearance: meudaich, leudaich. 2. exaggerate, aibheisich. 3. dilate, expand: leudaich, cuir am farsuingeachd. 6. amplify: meudaich, àrdaich. 5. release from confinement: saor, cuir fuidh sgaoil. 6. diffuse in eloquence: leudaich. 7. expatiate, speak in many words: leudaich, bi bith-bhriathrach.

ENLARGEMENT, *s.* 1. Increase, augmentation: meudachd, meudachadh, farsuingeachd, piseach. 2. release from confinement or servitude: fuasgladh, saoradh. 3. magnifying representation: aibheiseachadh. 4. expatiating speech; leudachadh.

ENLARGER, *s.* Fear-meudachaidh.

ENLARGING, *s.* Farsuingeachd, meudachd.

ENLIGHTEN, *v. a.* 1. Illuminate, supply with light: soillsich, soilleirich, thoir fradharc. 2. instruct, furnish with increase of knowledge: oil, teagaisg, ionnsaich, soilleirich, soillsich. 3. cheer, exhilarate, gladden: beothaich, cuir dheth smalan.

ENLIGHTENER, *s.* Fear-soillseachaidh.

ENLINK, *v. a.* Ceangail, cuir an geamhail.

ENLIVEN, *v. a.* 1. Make quick, make alive, animate: beothaich, misnich. 2. make sprightly or vivacious: cuir dheth smalan, beothaich, cuir sunnd fuidhe.

ENLIVENER, *s.* Fear-beothachaidh.

ENLIVENING, *s.* Beothachadh.

ENMITY, *s.* 1. Unfriendly disposition, malevolence: naimhdeas, mì-run, gamhlas, fuath. 2. state of opposition: naimhdeas. 3. malice, mischievous attempts: mì-run, fuath.

ENNOBLE, *v. a.* 1. Raise from commonalty to nobility: uaislich, àrdaich, cuir an àireamh nam maithean, no, nam flath. 2. dignify, aggrandise: àrdaich, dean urramach. 3. make famous or illustrious: dèan ainmeil, dèan cliùiteach.

ENNOBLEMENT, *s.* 1. The act of raising to the rank of nobility: uaisleachadh, àrdachadh. 2. exaltation, elevation: àrdachadh, togail an urram.

ENNUI, *s.* Cianalas, airtneal, fadal.

ENODATION, *s.* Fuasgladh snaime.

ENORMITY, *s.* 1. Irregularity: mi-riaghailteachd, anabarrachd, uamhasachd. 2. deviation from right, depravity: gràinealachd, déistinn. 3. atrocious crime: gràinealachd, uamharrachd, aingidheachd.

ENORMOUS, *adj.* 1. Irregular: mi-riaghailteach. 2. wicked beyond the common measure: déistinneach, aingidh. 3. exceeding in bulk the common measure: anabarrach, uamhasach, fuathasach.

ENORMOUSLY, *adv.* See Enormous.

ENOUGH, *adj.* Leòr,

ENOUGH, *s.* Leòr, pailteas.

ENOUGH, *adv.* Gu leòr.

EN PASSANT, *adv.* 'S an dol seachad.

ENQUIRE, *v. a.* See Inquire.

ENRAGE, *v. a.* Feargaich, eargnaich, brosnaich, cuir corruich air.

ENRANGE, *v. a.* See Range, *v. a.*

ENRANK, *v. a.* Sreathaich, cuir an òrdugh.

ENRAPTURE, *v. a.* Dean ro-aoibhneach, dean ro-ait.

ENRAVISH, *v. a.* Cuir a leum le aoibhneas.

ENRAVISHMENT, *s.* Aoibhneas mòr.

ENRICH, *v. a.* 1. Make wealthy, make opulent: beartaich, dean beartach, saoibhrich. 2 fertilize, make fruitful: mathaich, leasaich. 3. store: trus, cruinnich.

ENRICHMENT, *s.* 1. Augmentation of wealth: saoibhreas, beartas. 2. amplification, improvement by addition: trusadh, cruinneachadh.

ENRING, *v. a.* Dean cuairt cheangal.

ENRIPEN, *v. a.* See Ripen.

ENROBE, *v. a.* Sgeadaich, éid, còmhdaich.

ENROL, *v. a.* 1. Insert in a roll, list or register: sgriobh sìos, ainmich, cuir an leabhar ainmean. 2. record, leave in writing: cuir sìos, sgrìobh sìos. 3. involve, inwrap, fill: paisg, cuairsg, rol.

ENROLLER, *s.* Fear sgrìobhaidh an ainm-chlàr.

ENROLMENT, *s.* Ainm-chlàr.

ENROOT, *v. a.* Bunaich, freumhaich.

ENROUND, *v. a.* Cuairtich.

ENSANGUINE, *v. a.* Dath le fuil.

ENSCONCE, *v. a.* Daingnich, dìdinn.

ENSEAM, *v. a.* Fuaigh.

ENSEAR, *v. a.* Loisg le iarunn, loisg.

ENSHIELD, *v. a.* Dion le sgéith.

ENSHRINE, *v. a.* Taisg gu cùramach, cuir an naomh-thasgadh.

ENSIFORM, *adj.* Claidheamhail.

ENSIGN, *s.* 1. The flag or standard of a regiment: bratach, meirghe, suaicheantas. 2. any signal to assemble: bratach, suaicheantas. 3. mark of distinction: suaicheantas. 4. the officer of foot who carries the flag: fear brataich.

ENSIGNCY, *s.* Inbhe fir brataich.

ENSLAVE, *v. a.* 1. Reduce to servitude: dean 'n a thràill, thoir gu tràillealachd, thoir am bruid. 2. make over to another as his slave, or bondman: thoir mar thràill, reic fo dhaorsa.

ENSLAVEMENT, *s.* Tràillealachd, daorsa.

ENSLAVER, *s.* Fear-toirt am bruid, fear-deanaimh thràillean.

ENSUE, *v. a.* et *n.* 1. Follow, pursue: lean. 2. follow as a consequence to premises; lean, thig an lorg, bi leanmhuinn, sruth. 3. succeed in a train of events, or course of time: lean, thig an lorg.

ENSURANCE, } *s.* Urras cunnairt, fear-deanaimh cinnt-
ENSURER, } each.

ENTABLATURE, }
ENTABLEMENT, } *s.* Barr'-bhailc.

ENTAIL, *v. a.* Cuir fuidh chòir dhligheach.

ENTAIL, *s.* 1. The estate entailed, or settled, with regard to the rule of its descent: suidheachadh seilbh oighreachd. 2. the rule of descent settled for any estate: riaghailt seilbh oighreachd.

ENTAME, *v. a.* Callaich, dean soirbh.

ENTANGLE, *v. a.* 1. Ensnare with something not easily extricable: rib, amail, glac an lìon. 2. twist in such a manner as that a separation cannot easily be made: aimhreitich, cuir thar a chéile. 3. involve in difficulties, embarrass: amail, rib, cuir an imcheist. 4. puzzle, bewilder: rib, cuir 'n a bhreislich. 5. distract with a variety of cares: rib, cuir an sàs.

ENTANGLEMENT, *s.* 1. Involution of any thing in-

tricate or adhesive: ribeadh, amladh, buaradh. 2. perplexity, puzzle: ribeadh, imcheist.

ENTANGLER, *s.* Fear-ribidh.

ENTER, *v. a.* et *n.* 1. Go on, come into any place: inntrig, rach a steach. 2. initiate in a business, method, or society: tòisich gnothach. 3. introduce, or admit into any counsel: rach a steach. 4. set down in writing: cuir a sìos. 5. come in, go in: rach a steach. 2. engage in, or be initiated in: tòisich.

ENTERER, *s.* Fear-tòiseachaidh.

ENTERING, *s.* Dol a steach, inntreachduinn.

ENTERPRISE, *s.* Guais-bheart, deuchainn, oidhirp mhisneachail.

ENTERPRISE, *v. a.* Feuch ri, thoir ionnsuidh, thoir deuchainn.

ENTERPRISER, *s.* Fear guais-bheartach.

ENTERTAIN, *v. a.* 1. Converse with, talk with: comh-labhair, cùm còmhradh ri. 2. treat at the table: thoir cuirm, dean biatachd. 3. receive hospitably: thoir aoidheachd. 4. keep in one's service: cum. 5. keep, or reserve in the mind: rùnaich. 6. please, amuse, divert: toilich, taitinn. 7. admit: gabh ri.

ENTERTAINER, *s.* Biadhtach, fear fial, fear-toirt taitneis.

ENTERTAINMENT, *s.* 1. Conversation: còmhradh, comh-labhairt. 2. treatment at the table: aoidheachd, biatachd, cuirm, fleagh. 3. hospitable reception: aoidheachd biatachd. 4. reception, admission: gabhail ri. 5. amusement, diversion: fearas-chuideachd, fala dhà, ealaidh.

ENTHRILL, *v. a.* Bior, troimh-lot.

ENTHRONE, *v. a.* Cuir air righ chathair, cuir air a chrùn, àrdaich.

ENTHUSIASM, *s.* 1. A vain belief of private revelation: baoth-chreidimh. 2. heat of imagination: teas-inntinn, dealas. 3. elevation of fancy: àrd-inntinn.

ENTHUSIAST, *s.* 1. One who vainly imagines himself to have intercourse with God: fear baoth-chreidimh. 2. one of a hot imagination, or violent passion: fear dealasach.

ENTHUSIASTIC, ENTHUSIASTICAL, *adj.* 1. Persuaded of some communication with the Deity: baoth-chreidmheach. 2. vehemently hot in any cause: dealasach, dian. 3. elevated in fancy: àrd-inntinneach.

ENTICE, *v. a.* Meall, tàlaidh, tataidh, breug, buair, thoir a thaobh.

ENTICEMENT, *s.* 1. The act or practice of alluring to ill: mealladh, tàladh, breugadh, buaireadh. 2. the means by which one is allured to ill: mealladh, culaidh-mheallaidh.

ENTICER, *s.* Fear-tàlaidh, buaireadair, mealltair.

ENTICING, *s.* Mealladh, tàladh, tatadh.

ENTICINGLY, *adv.* Gu mealltach, air mhodh tàlaidh.

ENTIRE, *adj.* 1. Whole, undivided: iomlan, coimhlionta. 2. unbroken: iomlan, slàn, uile. 3. full, complete: iomlan, coimhlionta, slàn, làn. 4. firm, sure, solid: daingean, cinnteach, neo-ghluasadach. 5. unmingled, unallayed: neo-mheasgta, neo-thruaillte. 6. honest, firm, faithful: dìreach, dìleas, seasmhach. 7. in full strength: ùr, iomlan.

ENTIRENESS, *s.* 1. Completeness: iomlanachd, coimhliontachd. 2. honesty, integrity: ionracas, treibhdhireas.

ENTITLE, *v. a.* 1. Grace or dignify with a title, or honourable appellation: urramaich, thoir tiodal do. 2. give a discriminative appellation: ainmich. 3. superscribe, or prefix as a title: sgrìobh tiodal. 4. give a claim to any thing: thoir còir do.

ENTITY, *s.* Bith.

ENTOIL, *v. a.* Glac an ribe.

ENTOMB, *v. a.* Cuir 's an uaigh, adhlaic, tiodhlaic.

ENTRAILS, *s.* Mionach, greallach, caolain.

ENTRAMMELLED, *adj.* Cuairsgeach, camagach.

ENTRANCE, *s.* 1. The power of entering into a place: comas dol a steach, leigeadh a steach. 2. the act of entering: dol a steach. 3. the passage by which a place is entered: slighe dhol a steach. 4. initiation, commencement: tionnsgnadh, tòiseachadh. 5. intellectual ingress: eòlas. 6. the act of taking possession of an office: gabhail seilbh.

ENTRANCE, *v. a.* Cuir am paisean, rach an neul, giùlain an inntinn o nithibh faicsinneach.

ENTRAP, *v. a.* 1. Ensnare: rib, glac, cuir an sàs, painntirich. 2. take advantage of: gabh cothrom air.

ENTREAT, *v. a.* et *n.* 1. Petition, solicit, importune: guidh, asluich, grios, achuingich, iarr. 2. prevail upon by solicitation: faigh le achuinge. 3. treat well or ill: gréidh, buin ri, càirich. 4. make a petition: dean achuinge.

ENTREATER, *s.* Fear-achuing', fear-guidhe.

ENTREATY, *s.* Guidhe, achuinge, iarrtas.

ENTRY, *s.* 1. The passage by which any one enters a house: dorus. 2. the act of entrance: dol a steach. 3. the act of taking possession of an estate: gabhail seilbh. 4. the act of setting down in writing: cur a sìos. 5. the act of entering publicly into any city: dol a steach.

ENTWIST, *v. a.* Toinn.

ENVELOPE, *v. a.* 1. Inwrap, cover: fill, paisg, còmhdaich. 2. cover, hide, surround: còmhdaich, foluich, cuairtich. 3. line: lìnig.

ENVELOPE, *s.* Pasgadh, còmhdach.

ENVELOPEMENT, *s.* Amladh, grabadh, imcheist.

ENVENOM, *v. a.* 1. Taint with poison: puinsionaich. 2. make odious: duaichnich, truaill. 3. enrage, exasperate: feargaich, cuir air boile.

ENVIABLE, *adj.* Farmadach.

ENVIER, *s.* Fear-fuath, fear-mì-ruin.

ENVIOUS, *adj.* Farmadach.

ENVIOUSLY, *adv.* See Envious.

ENVIRON, *v. a.* 1. Surround, encompass, encircle: cuairtich, iomdhruid, iadh mu. 2. involve, envelope: timchiollaich, cuairtich. 2. besiege, hem in: iomdruid, cuairtich.

ENVIRONS, *s.* Ionadan mu 'n cuairt, coimhearsnachd.

ENUMERATE, *v. a.* Cunnt, àireamh.

ENUMERATION, *s.* Cunntas, àireamh.

ENUMERATIVE, *adj.* Àireamhach.

ENUNCIATE, *v. a.* Cuir an céill, innis, aithris, gairm, foillsich.

ENUNCIATION, *s.* 1. Declaration: aithris, nochdadh, cur an céill. 2. intelligence, information: innseadh, fios. 3. expression in writing: sgrìobhadh, briathran sgrìobhta. 4. manner of utterance: modh labhairt.

ENUNCIATIVE, *adv.* Aithriseach, a' cur an céill.

ENUNCIATIVELY, *adv.* See Enunciative.

ENVOY, *s.* 1. A public minister sent from one power to another: teachdaire righ. 2. a messenger: teachdaire.

ENVY, *v. a.* et *n.* 1. Hate another for excellence, happiness, or success: gabh farmad ri. 2. grudge, impart unwillingly: maoidh. 3. feel envy: bi farmadach.

ENVY, *s.* 1. Pain felt, and malignity conceived at the sight of excellence, or happiness: farmad. 2. rivalry, competition: farmad, comh-stri, comh-fharpuis. 3. malice, malignity: gamhlas, tnù, mi-rùn. 4. public odium: fuath, droch-mheas, droch cliù.

ENVYING, *s.* Farmad.

ENWOMB, *v. a.* 1. Make pregnant: torraich, dèan torrach. 2. bury, hide as in the womb: folaich.

EPACT, *s.* Aireamh leis am faighear aois na gealaich.

EPAULEMENT, *s.* Beinge thalmhaim.

EPAULET, *s.* Babag gualainn.

EPHA, *s.* Ephah.

EPHEMERA, *s.* 1. A fever that terminates in one day: teasach, no fiabhrus nach mair ach aon latha. 2. an insect that lives only one day: cnuimh, bith aon latha.

EPHEMERAL, EPHEMERIC, *adj.* Lathail, neo-mhaireannach.

EPHEMERIS, *s.* 1. A journal, an account of daily transactions: leabhar latha. 2. an account of the daily motions and situations of the planets: cunntas reul-imeachd.

EPHEMERIST, *s.* Speuradair, reul-dhruidh.

EPHESIAN, *s.* Ephesianach.

EPHOD, *s.* Ephod.

EPIC, *s.* Duan eachdraidhe, dàn mòr, duan mòrdha.

EPICEDE, EPICEDIUM, *s.* Marbhrann.

EPICURE, *s.* Geòcair, pòitear, glaimseir, glutair.

EPICUREAN, *s.* Epicuréanach.

EPICUREAN, *adj.* 1. Pertaining to the sect of Epicurus: Epicuréanach. 2. luxurious: sòghmhor, geòcach, neo-mheasarra.

EPICURISM, *s.* 1. Luxury, sensual enjoyment: sògh, pòit, geòcaireachd, sàimh, ròic. 2. the doctrine of Epicurus: teagasg Epicuruis.

EPIDEMIC, EPIDEMICAL, *adj.* Gabhaltach, sgaoilteach, coitchionn, plàigheach.

EPIDERMIS, *s.* Croicionn uachdair.

EPIGLOTTIS, *s.* Claban a' sgòrnain, sgòrn-chailbhe.

EPIGRAM, *s.* Geàrr-dhuanag.

EPIGRAMMATIC, EPIGRAMMATICAL, *adj.* Duanach.

EPIGRAMMATIST, Duanaire.

EPILEPSY, *s.* An tinneas tuiteamach, an tuiteamas.

EPILEPTIC, EPILEPTICAL, *adj.* Tuiteamach, air am bheil an tinneas tuiteamach.

EPILOGUE, *s.* Crìoch-cluiche.

EPINCYTIS, *s.* Leònagan.

EPIPHANY, *s.* Féill an taisbeanaidh.

EPISCOPACY, *s.* Easbuigeachd.

EPISCOPAL, *adj.* Easbuigeach.

EPISCOPALIANS, *s.* Creideamh an easbuig.

EPISCOPATE, *s.* Easbuigeachd.

EPISCOPY, *s.* Rannsachadh, sgrùdadh.

EPISODE, *s.* Taobh sgeul, sgeul am meadhon dàna.

EPISPASTIC, *s.* 1. Drawing: tarruing. 2. blistering: leusachadh.

EPISTLE, *s.* Litir.

EPISTOLARY, *adj.* Litireach, a bhuineas do litrichibh.

EPISTLER, *s.* Fear-sgrìobhaidh litrichean.

EPISTYLE, *s.* Barr'-bhailc.

EPITAPH, *s.* Sgrìobhadh air leac-lighe.

EPITHALAMIUM, EPITHALAMY, *s.* Òran pòsaidh, òran bainnse.

EPITHET, *s.* Foir-bhriathar, focal-buaidh.

EPITOME, *s.* Giorradan, brìgh sgeòil.

EPITOMISE, *v. a.* Giorraich, coimh-gheàrr.

EPITOMISER, EPITOMIST, *s.* Giorraiche.

EPOCH, EPOCHA, *s.* Àm o'n cunntar aimsir, tùs àireimh.

EPOPEE, *s.* Duan mòr.

EPULARY, *adj.* Fleadhach.

EPULATION, *s,* Cuirm, fleadh, féisd.

EQUABILITY, *s.* Ionannachd, coimh-ionannas.

EQUABLE, *adj.* Coimh-ionnan, ionann, comh-chosmhuil, comh-chothromach, dìreach.

EQUABLY, *adv.* See Equable.

EQUAL, *adj.* 1. Like another in bulk, excellence, or any other quality that admits comparison: ionann, coimh-ionann, comh-chosmhuil, coimeas. 2. adequate to any purpose: comasach, murrach, cubhaidh. 3. even, uniform: réidh, còmhnard. 4. in just proportion: comh-fhreagarrach. 5. impartial, neutral: dìreach, ceart, neo-chlaon-bhreitheach. 6. indifferent: coma, neo-shuimeil.

EQUAL, *s.* 1. One not inferior or superior to another: coimpire, leth-bhreac, mac samhuil. 2. one of the same age: comh-aois, comh-aimsireach. 3. equality: ionannachd, coimh-ionannas.

EQUAL, *v. a.* 1. Make one thing or person equal to another: coimeas, dean cosmhuil, dean ionann. 2. rise to the same state with another person: cuir an coimh-ionannachd, cuir 's an aon inbhe. 3. be equal to: bi comh-ionann. 4. recompense fully, answer in full proportion: coimh-fhreagair.

EQUALISE, *v. a.* Comh-chothromaich, dean comh-ionann.

EQUALITY, *s.* 1. Likeness with regard to any quantities compared: ionannachd, coimh-ionannachd, coimeas, comh-choltas. 2. the same degree of dignity: coimh-ionannachd, comh-choltas. 3. evenness, uniformity: suidheachadh inntinn, còmhnardachd.

EQUALLY, *adv.* See Equal, *adj.*

EQUANGULAR, *adj.* Comh-oisinneach, comh-uileannach.

EQUANIMITY, *s*, Socair inntinn, sèimheachd, soimeachd.
EQUANIMOUS, *adj*. Soimeach, sèimh, socrach.
EQUATION, *s*. Comh-fhreagarrachd.
EQUATOR, *s*. Cearcall meadhoin na talmhainn.
EQUERY, *s*. 1. A grand lodge or stable for horses: each-lann. 2. an officer who has the care of horses: fear-cùraim each-lann.
EQUESTRIAN, *adj*. A' marcachd, air muin eich.
EQUIANGULAR, *adj*. See Equangular.
EQUIDISTANCE, *s*. Co fhad as.
EQUIDISTANT, *adj*. Aig an aon fhad.
EQUILATERAL, *adj*. Comh-shlisneach.
EQUILIBRATE, *v. a*. Comh-chothromaich.
EQUILIBRATION, *s*. Comh-chothromachadh.
EQUILIBRIOUS, *adj*. Comh-chothromach.
EQUILIBRITY, EQUILIBRIUM, *s*. Comh-chothrom.
EQUINOCTIAL, *s*. Cearcall na comh-fhad-thrath.
EQUINOCTIAL, *adj*. A bhuineas do'n chomh-fhad-thrath.
EQUINOX, *s*. Comh-fhad-thrath.
EQUIP, *v. a*. Deasaich, cuir an uidheam, ullamhaich.
EQUIPAGE, *s*. 1. Furniture for a horseman: uidheam, deise mharcachd. 2. carriage of state, vehicle: carbad 'n a làn uidheam. 3. attendance, retinue: coisridh, frithealadh. 4. accoutrements, furniture: acfhuinn, àirneis, fasair.
EQUIPAGED, *adj*. An làn uidheam.
EQUIPMENT, *s*. 1. The act of equipping or accoutring: deasachadh, uidheamachadh. 2. accoutrement, equipage: acfhuinn, àirneis.
EQUIPOISE, *s*. Comh-chudthrom, comh-chothrom.
EQUIPOLLENCE, EQUIPOLLENCY, *s*. Comh-chumhachd, comh-fhreagarrachd an neart.
EQUIPONDERANCE, EQUIPONDERANCY, *s*. Comh-chudthrom, comh-chothrom.
EQUIPONDERANT, *adj*. Comh-chudthromach, comh-chothromach.
EQUIPONDERATE, *v. n*. Comh-chudthromaich, comh-chothromaich.
EQUITABLE, *adj*. Ceart, cothromach, dìreach, neochlaon.
EQUITABLY, *adv*. See Equitable.
EQUITY, *s*. 1. Justice, right, honesty: ceartas, cothrom. 2. impartiality: ceartas, cothromachd, ceart-breitheanas.
EQUIVALENT, *adj*. 1. Equal in value, excellence, force, or power: coimh-ionann, ionann. 2. of the same cogency or weight: comh-chudthromach. 3. of the same import or meaning: comh-chiallach.
EQUIVALENT, *s*. Ni co-luachmhor.
EQUIVOCAL, *adj*. Teagamhach, doilleir, dà sheadhach.
EQUIVOCALLY, *adv*. See Equivocal.
EQUIVOCALNESS, *s*. See Equivocation.
EQUIVOCATE, *v. a*. et *n*. 1. Render capable of a double interpretation: dean teagamhach, dean dà-sheadhach. 2. use ambiguous expressions: bi an teagamh, dean ceilt-inntinn.
EQUIVOCATION, *s*. Ceilt-inntinn.
EQUIVOCATOR, *s*. Fear ceilt-inntinn.
ERA, *s*. See Epoch.
ERADIATE, *v. n*. Dèarrs, dèarrsaich, dealraich.
ERADIATION, *s*. Dèarsadh, dealrachadh, dealradh.
ERADICATE, *v. a*. 1. Pull up by the root: spìon, thoir á 'fhreumhaibh. 2. destroy completely, cut off: dìth-mhill, sgrios.
ERADICATION, *s*. Spìonadh, toirt á 'fhreumaibh, dìth-mhilleadh, sgrios.
ERASE, *v. a*. 1. Destroy, exscind: mill, sgrios, spìon as. 2. expunge, rub out: dubh a mach, mill.
ERASEMENT, *s*. 1. Destruction, devastation: dìth-mhilleadh, sgrios. 2. expunction, abolition: dubhadh as, milleadh.
ERE, *adv*. Roimhe, mu 'n, an toiseach.
ERE, *prep*. Roimh.
ERELONG, *adv*. A chlisgeadh, gu goirid.
ERENOW, *adv*. Roime so.
EREWHILE, EREWHILES, *adv*. A chianamh.
ERECT, *v. a*. et *n*. 1. Raise in a strait line: tog dìreach. 2. raise, build: tog. 3. establish anew, settle: suidhich, socraich. 4. elevate, exalt: àrdaich, tog an àird. 5. raise consequences from premises: comh-dhùin, dean a suas. 6. animate, not depress: misnich tog an àird. 7. rise upright: éirich dìreach.
ERECT, *adj*. 1. Upright, not leaning: dìreach, neochrom. 2. directed upwards: a' cur an àirde. 3. bold, confident: daingean, misneachail, colgarra, sgairteil.
ERECTED, *adj*. Togta suas.
ERECTION, *s*. 1. The act of raising, or state of being raised upward: éiridh, togail. 2. the act of building or raising edifices: togail. 3. establishment, settlement: suidheachadh, socrachadh. 4. elevation, exaltation of sentiments: àrdachadh inntinn. 5. excitement to attention: dùsgadh, beothachadh.
ERECTNESS, *s*. Dìrichead.
ERECTOR, *s*. Fear-togail.
EREMIT, *s*. Aonaran, maol-chiaran, dìthreabhach.
EREMITICAL, *adj*. Aonaranach, cianail.
EREPTION, *s*. Tiolpadh, spìonadh, spiolladh.
ERGO, *adv*. Uime sin.
ERIACH, ERIC, *s*. Éiric, ùmhladh.
ERISTICAL, *adj*. Connspuideach, tagarrach.
ERMINE, *s*. Neas nam fuar thìrean
ERODE, *v. a*. Cnàmh, ith, caith as.
EROGATE, *v. a*. Bàirig, builich, tiodhlaic.
EROGATION, *s*. Bàirigeadh, buileachadh.
EROSION, *s*. Cnàmhadh, caitheamh as.
ERR, *v. n*. 1. Wander, ramble: rach air iomrall, rach air faontraigh. 2. miss the right way: seachrain, rach air seachran. 3. deviate from any purpose: rach a thaobh. 4. mistake: rach mearachd.
ERRABLE, *adj*. Mearachdach, seachranach, iomrallach.
ERRAND, *s*. Teachdaireachd, gnothach.
ERRANT, *adj*. 1. Wandering, roving, rambling: iomrallach, faondrach, seachranach. 2. deviating

from a certain course : neo-shuidhichte, seachranach, a' claonadh, a' camadh.

ERRANTRY, *s.* Seachranachd, iomrall, faontradh.

ERRATA, *s.* Mearcachdan a' chlòdh-bhualaidh.

ERRATIC, } *adj.* Iomrallach, mearachdach, seach-
ERRATICAL, } ranach.

ERRATICALLY, *adv.* See Erratical.

ERRING, *adj.* Mearachdach, seachranach, neo-shuidhichte.

ERRONEOUS, *adj.* 1. Wandering, unsettled : mearachdach, neo-shuidhichte, ceàrr. 2. irregular, wandering from the right road : seachranach, mi-rìaghailteach, iomrallach, faondrach. 2. mistaking, misled by error : mearachdach, a' dol mearachd. 4. mistaken, not conformable to truth : mearachdach, breugach.

ERRONEOUSLY, *adv.* See Erroneous.

ERROR, *s.* 1. Mistake, involuntary deviation from truth : mearachd. 2. a blunder : mearachd. 3. roving excursion : iomrall, sachran, faontradh. 4. (in theology), sin : peacadh.

ERSE, } *s.* Gaelic Albannach.
EARSE, }

ERST, *adv.* See Ere.

ERUBESCENCE, } *s.* Ruadhachadh, fàs dearg, rugh-
ERUBESCENCY, } adh.

ERUBESCENT, *adj.* Rughach, ruiteagach.

ERUCT, } *v. a.* Brùchd, dean brùchdail.
ERUCTATE, }

ERUCTATION, *s.* 1. The act of belching : brùchdadh, dìobhuirt. 2. belch, the matter vented from the stomach : brùchd, dìobhuirt. 3. any sudden burst of wind or matter : brùchd.

ERUDITE, *adj.* Ionnsaichte, foghluimte.

ERUDITION, *s.* Ionnsachadh, foghlum, oilean, eòlas.

ERUPTION, *s.* 1. The act of breaking or bursting forth from any confinement : brùchdadh, bristeadh a mach. 2. burst, emission : brùchd, taom. 3. sudden excursion of an hostile kind : ionnsuidh. 4. violent exclamation : éigheach, glaoidhaich. 5. efflorescence, pustules : ruaidhe, broth, bristeadh a mach.

ERUPTIVE, *adj.* 1. Bursting forth : a' bristeadh a mach. 2. exhibiting diseased eruption : a' bristeadh a mach, brothach, guireanach.

ERYSIPELAS, *s.* Ruaidhe, teinidh dé.

ESCALADE, *s.* Streapadh balla.

ESCALOP, *s.* See Scollop.

ESCAPE, *v. a.* et *n.* 1. Obtain exemption from, fly : teich, tàir as. 2. pass unobserved by one : seachain. 3. fly, get out of danger : teich, tàir as.

ESCAPE, *s.* 1. Flight : teicheadh, dol as o chunnart. 2 excuse : leisgeul. 3. oversight, mistake : mearachd, di-chuimhn.

ESCAPING, *s.* Teicheadh, seachnadh cunnart.

ESCHALOT, *s.* Seòrs uinnean.

ESCHAR, *s.* Aile, comharradh.

ESCHAROTIC, *adj.* See Caustic.

ESCHEAT, *s.* Fearann, no, cuid, gun oighr' air.

ESCHEAT, *v. n.* Tuit a dhìth oighre dh' ionnsuidh an uachdarain.

ESCHEW, *v. a.* Seachain, teich uaith, na gabh gnothach ri.

ESCORT, *s.* Coimheadachd, dìon, freiceadan.

ESCORT, *v. a.* Thoir coimheadachd do, dìon.

ESCOT, *v. a.* Paidh an lach air son neach.

ESCOT, *s.* Càin baile mòir.

ESCRITOIRE, *s.* See Desk.

ESCULENT, *adj.* A dh' fhaodar ithe, biadhchar.

ESCULENT, *s.* Biadh, ni a fhaodar ithe.

ESCUTCHEON, *s.* Sgiath teaghlaich, suaicheantas brataich.

ESOTERY, *s.* Rùn-dìomhair.

ESPECIAL, *adj.* Àraidh, sònruichte, prìomh, comharraichte.

ESPECIALLY, *adv.* See Especial.

ESPIAL, *s.* Tabhairt fainear, nochdadh, faighinn a mach.

ESPIER, *s.* Fear cùl-bheachd.

ESPLANADE, *s.* 1. The space between the glacis of a citadel and the first houses of a town : cùl balla daingnich. 2. a grass plot : àilean.

ESPOUSAL, *s.* Uchdmhacachd, dìon.

ESPOUSALS, *s.* Ceangal-pòsaidh, còrdadh, réiteach.

ESPOUSE, *v. a.* 1. Contract or betroth to another : dean ceangal-pòsaidh, ceangail. 2. marry, wed : pòs. 3. adopt : uchdmhacaich, gabh ort féin. 4. maintain, defend : dìon, teasairg.

ESPOUSER, *s.* Fear gabhail cùise 'n a làimh féin.

ESPY, *v. a.* et *n.* 1. See things at a distance : faic, beachdaich, comharraich. 2. discover any thing intended to be hid : faigh a mach. 3. see unexpectedly : faic, amhairc air. 4. discover as a spy : rannsaich. 5. watch, look about : gabh sealladh.

ESQUIRE, *s.* 1. The armour-bearer or attendant on a knight : fear-coimheadachd ridire, fear iomchair arm ridire. 2. a title of dignity, and next in degree below a knight : fear tighearnais.

ESSAY, *v. a.* 1. Attempt, try, endeavour : feuch, oidhirpich, thoir deuchainn. 2. make an experiment of : feuch, cuir gu deuchainn.

ESSAY, *s.* 1. Attempt, endeavour : deuchainn, feuchainn, oidhirp. 2. a loose sally of the mind, an irregular indigested piece : òraid, oidhirp sgrìobhaidh. 3. a trial, an experiment : deuchainn, oidhirp. 4. first taste of any thing : feuchainn, deuchainn.

ESSAYIST, *s.* Fear-sgrìobhaidh òraidean.

ESSENCE, *s.* 1. The very nature of any being : gnè, brìgh, bladh. 2. existence, the quality of being : bith, beatha. 3. being, existent person : bith. 4. (in medicine) the chief properties or virtues of any simple, or composition, collected in a narrow compass : gnè, brìgh, sùgh, bladh. 5. perfume, odour, scent ; boltrach, fàile.

ESSENCE, *v. a.* See Perfume, *v. a.*

ESSENTIAL, *adj.* 1. Necessary to the constitution or existence of any thing : feumail, nach gabh seachnadh, ro-àraidh. 2. important in the highest degree, principal : ro-àraidh, prìomh. 3. pure, highly rectified : fior-ghlan, ro bhrìoghmhor.

ESSENTIAL, *s.* See Essence.

ESSENTIALLY, *adv.* See Essential, *adj.*

ESTABLISH, *v. a.* 1. Settle firmly : suidhich, stéidh-

ich, socraich. 2. settle in any privilege or possession: suidhich, socraich, càirich. 3. ratify: daingnich, comh-dhaingnich. 4. settle in an opinion: daingnich. 5. form or model: suidhich, leag, riaghailtich.

ESTABLISHER, *s.* Fear-suidheachaidh.

ESTABLISHMENT, *s.* 1. Settlement, fixed state: suidheachadh, socrachadh, stéidheachadh. 2. confirmation of something already done, ratification: daingneachadh, comh-dhaingneachadh. 3. settled regulation, model of a government or family: comh-dhealbhadh, suidheachadh. 4. foundation, fundamental principle, settled law: stéidh, laghsuidhichte. 5. allowance, income, salary: tuarasdal, teachd a stigh. 6. settled or final rest: suidheachadh, stéidh.

ESTATE, *s.* 1. Condition of life, with regard to prosperity or adversity: seasamh, cor, inbhe. 2. fortune, possession: seilbh, fearann, oighreachd. 3. rank, quality: mòrachd, inbhe, àrd uaisle.

ESTEEM, *v. a.* et *n.* 1. Set a value upon any thing: meas, cuir luach air. 2. compare, estimate by proportion: meas, coimeas. 3. prize, rate high, regard with reverence: meas, cuir meas air, urramaich, meas luachmhor. 4. hold in opinion, think, imagine: meas, cuir suim air. 5. consider as to value: gabh suim.

ESTEEM, *s.* 1. High value, reverential regard: meas, urram, onoir, miadh. 2. reckoning, estimate, account: cunntas, luach.

ESTEEMABLE, *adj.* Measail, luachmhor, miadhach.

ESTEEMER, *s.* Fear meas luachmhor.

ESTIMABLE, *adj.* 1. Valuable: luachmhor, prìseil, miadhach, miadhail. 2. worthy of esteem: miadhail, measail, urramach.

ESTIMABLENESS, *s.* Luachmhorachd, miadhalachd.

ESTIMATE, *v. a.* 1. Rate: meas, cuir luach air. 2. calculate, compute: cunnt, àireamh.

ESTIMATE, *s.* 1. Computation, calculation: cunntas, àireamh, meas. 2. value: luach. 3. valuation: meas, luach, fiach, prìseachadh.

ESTIMATION, *s.* 1. The act of adjusting, proportional value: meas, luachmhorachd. 2. calculation, computation: cunntas, àireamh, meas. 3. opinion, judgment: barail, breith. 4. esteem, regard, honour: meas, urram, onoir.

ESTIMATIVE, *adj.* A' coimeas an luach.

ESTIMATOR, *s.* Fear meas.

ESTIVAL, *adj.* Samhrach, samhrachail.

ESTRADE, *s.* Còmhnard, réidhlean.

ESTRANGE, *v. a.* 1. Keep at a distance, withdraw: cum air falbh, tarruing air falbh. 2. alienate, divert from its original use or possessor: dean, coimheach. 3. alienate from affection: dean fuathach, dean 'n a choigreach. 4. withdraw, withhold: cum air ais, tarruing air falbh.

ESTRANGEMENT, *s.* Coimheachas, dol a thaobh, tréigsinn càirdeis.

ESTUARY, *s.* Caolas, bàgh, camus, cneas-mhuir.

ESTUATE, *v. a.* Goil, lìon is tràgh.

ESTUATION, *s.* Goil, lìonadh is tràghadh, tulgadh tuinne.

ESURIENT, *adj.* Ocrach, cìocrach.

ESURINE, *adj.* Cnàmhach, cnàimhteach.

ET CAETERA, *s.* Agus mar sin.

ETCH, *v. a.* Dreach, dealbh, tarruing.

ETCHING, *s.* Dealbh sgrìobhaidh.

ETERNAL, *adj.* 1. Without beginning or end: bithbhuan, sìorruidh. 2. without beginning: sìorruidh, gun toiseach. 3. without end: maireannach, neo-chrìochnach, bithbhuan. 4. perpetual, constant: gun sgur, maireannach. 5. unchangeable: neo-chaochlaideach.

ETERNAL, *s.* An Ti sìorruidh, an Ti bith-bhuan.

ETERNALISE, *v. a.* Dean sìorruidh.

ETERNALLY, *adv.* See Eternal, *adj.*

ETERNITY, *s.* Sìorruidheachd, bith-bhuantachd.

ETERNISE, *v. a.* Dean siorruidh, dean neo-bhàsmhor.

ETHER, *s.* Àile fior-ghlan, adhar fìnealta.

ETHEREAL, *adj.* 1. Formed of ether: adharach, adharail. 2. celestial, heavenly: nèamhaidh, spioradail.

ETHIC, } *adj.* Modhanail, deas-ghnàthach, beus-
ETHICAL, } ach.

ETHICALLY, *adv.* See Ethical.

ETHICS, *s.* Modhannan, riaghailt nam modhannan, teagasg nan deas-ghnàth, lagh nam beus.

ETHIOPE, *s.* Fear a' mhuinntir Etiòpia.

ETHNICAL, *adj.* Pàganach.

ETHNICISM, *s.* Pàganachd.

ETHNICS, *s.* Pàganaich.

ETIQUETTE, *s.* Modh, deas-ghnàth.

ETTIN, *s.* Famhair.

ETYMOLOGICAL, *adj.* A bhuineas do dh' fhocal-freumhhachd.

ETYMOLOGIST, *s.* Focal-freumhaiche.

ETYMOLOGY, *s.* Focal-freumhachd.

ETYMON, *s.* Freumh-fhocal.

EVACATE, *v. a.* Falmhaich, tilg a mach.

EVACUATE, *v. a.* et *n.* 1. Make empty, clear: falmhaich, dean fàlamh, fàsaich. 2. throw out as noxious, or offensive: tilg a mach, glan, cairt. 3. make void, annul: cuir as do, mill. 4. quit, withdraw from out of a place: fàg, falbh as. 5. let blood: leig fuil, tarruing fuil.

EVACUATION, *s.* 1. Such emissions as leave a vacancy: falmhachadh, tarruing air falbh. 2. abolition, nullification: cur gu dìth, milleadh, cur air cùl. 3. the practice of emptying the body by physic: glanadh, purgaideachadh, cartadh. 4. a withdrawing from out of a place: fàgail, falbh.

EVADE, *v. a.* et *n.* 1. Elude, escape by artifice or stratagem: seachain, faigh as, tàir as. 2. avoid: seachain. 3. escape by sophistry: seachain, sèap. 4. escape as too great, or two subtle to be subdued: seachain. 5. slip away: sèap, tàir as.

EVANESCENCE, *s.* Diombuaineachd, diombuainead, caochlaidheachd, faileas.

EVANESCENT, *adj.* Diombuain, caochlach, faileasach.

EVANGELICAL, *adj.* Soisgeulach.

EVANGELICALLY, *adv.* See Evangelical.

EVANGELIST, *s.* Soisgeulach, soisgeulaiche.

EVANGELIZE, *v. a.* Searmonaich an soisgeul.

EVANID, *adj.* Lag, fann, anmhunn.

EVANISH, *v. n.* See Vanish.

EVAPORATE, *v. a.* et *n.* 1. Drive away in fumes: cuir 'n a smùid, cuir 'n a cheò. 2. give vent to, let out in ebulition, or sallies: leig a mach, leig fa sgaoil. 3. fly away in vapours, or fumes: rach 'n a d' cheò, falbh 'n a d' smùid, bi cur deataich dhiot.

EVAPORATION, *s.* 1. The act of flying away in fumes or vapours: dol 'n a smùid, smùid, deatach. 2. the act of attenuating matter so as to make it fume away: tiormachadh, cur ceò dheth.

EVASION, *s.* Leithsgeul, seachnadh, car, siomaguad, cur seachad.

EVASIVE, *adj.* Leisgeulach, carach, cealgach, cuilbheartach.

EVASIVELY, *adv.* See Evasive.

EUCHARIST, *s.* Comanachadh, suipeir an Tighearna.

EUCHARISTICAL, } *adj.* A bhuineas, do 'n choman-
EUCHARISTIC, } achadh.

EUCRACY, *s.* Deadh chàil, deadh shlàinte.

EVE, } *s.* 1. The close of the day: feasgar, àrd-
EVEN, } fheasgar, eadar-sholus. 2. the vigil, or fast to be observed before an holyday: trasgadh, roimh fhéill.

EVEN, *adj.* 1. Level, not rugged: réidh, còmhnard. 2. uniform, equal to itself: comh-ionann, neo-chaochlaideach. 3. level with: comh-shìnte, air an aon leagadh. 4. not having inclination any way: còmhnard. 5. equal on both sides, not favouring either: dìreach, neo-chlaon. 6. without any thing owed, out of debt: saor, ionann. 7. calm, not subject to elevation: ciùin, sèimh, còmhnard. 8. not odd: slàn, do dh'àireamh a ghabhas roinn.

EVEN, *v. a.* 1. Make even: dean comhnard, dean réidh, dean comh-ionann. 2. make out of debt: dean saor, dean gun fhiachaibh. 3. level, make level: dean còmhnard, dean réidh.

EVEN, *adv.* Eadhon.

EVENHAND, *s.* Coimh-ionannachd.

EVENHANDED, *adj.* Dìreach, ceart, neo-chlaonbhreitheach, cothromach.

EVENING, *s.* Feasgar, beul na h-òidhche.

EVENING, *adj.* Anns an fheasgar, feasgarach.

EVENING-STAR, *s.* Reul-fheasgair.

EVENLY, *adv.* See Even, *adj.*

EVENNESS, *s.* 1. State of being even: còmhnardachd, réidheachd. 2. uniformity, regularity: comh-ionannachd, riaghailteachd. 3. equality of surface, levelness: còmhnardachd, réidheachd. 4. impartiality: neo-chlaon-breitheachd. 5. calmness, equanimity: sèimheachd, ciùine.

EVENSONG, *s.* 1. The form of worship used in the evening: òran feasgair, laoidh fheasgair. 2. the evening, the close of the day: feasgar.

EVENTIDE, *s.* Tràth feasgair.

EVENT, *s.* 1. An incident, any thing that happens good or bad: cùis, ni, tachartas, tuiteamas. 2. the consequence of an actiou, the conclusion: crìoch, toradh.

EVENTFUL, *adj.* Cudthromach, tuiteamach, a bheir iomadh ni mu 'n cuairt.

EVENTILATE, *v. a.* 1. Winnow, sift out: fasgain, glan. 2. examine, discuss: sgrùd, rannsaich.

EVENTILATION, *s.* Fasgnadh.

EVENTUAL, *adj.* A' leanmhuinn, a' teachd an lorg, comh-leanailteach.

EVENTUALLY, *adv.* See Eventual.

EVER, *adv.* 1. At any time: aig àm 'sam bith, idir, riamh. 2. at all times: daonnan, gu bràth, an còmhnuidh, a chaoidh. 3. *for ever:* gu bràth, tuilleadh, am feasd, gu dìlinn. 4. *for ever,* for the term of life: gu bràth, rè a bheatha. 5. *ever and anon:* an dràsd' agus a rìs. 6. in any degree: 's an tomhas. 7. a word of enforcement or aggravation; as, he is as like to him as ever he can look: tha e cho coltach ris 's a 's urrainn dha. As soon as ever I can: co luath 's a 's urrainn dhomh.

EVERDURING, *adj.* Sìorruidh, bith-bhuan.

EVERGREEN, *adj.* Sìor-uaine.

EVERGREEN, *s.* Luibh shìor-uaine.

EVERLASTING, *adj.* Sìorruidh, bith-bhuan, maireannach.

EVERLASTING, *s.* 1. Eternity: bith-bhuantachd, sìorruidheachd. 2. the eternal being: an Ti bith-bhuan.

EVERLASTINGLY, *adv.* See Everlasting, *adj.*

EVERLIVING, *adj.* Neo-bhàsmhor, bith-bhuan.

EVERMORE, *adv.* Daonnan, gu bràth, tuilleadh, o so suas.

EVERPLEASING, *adj.* Sìor-thaitneach.

EVERSE, *v. a.* Tionndaidh bun os ceann, mill, sgrios.

EVERSION, *s.* Tilgeadh bun os ceann, milleadh, sgrios.

EVERT, *v. a.* See Everse.

EVERY, *adj.* 1. Each, one of all: gach, na h-uile, gach aon. 2. *every where:* 's gach àite, 's na h-uil' àite.

EVERYDAY, *adj.* Coitchionn, gach là, lathail.

EVESDROP, *v. n.* Bi farcluais.

EVESDROPPER, *s.* Fear farcluaise.

EUGE, *s.* Moladh.

EVIBRATE, *v. a.* See Vibrate.

EVICT, *v. a.* Cuir á seilbh, thoir uaith le ceartas.

EVICTION, *s.* 1. Dispossession or deprivation by a definitive sentence of a court of judicature: cur á seilbh. 2. proof, evidence: dearbhadh, còmhdach, teisteas.

EVIDENCE, *s.* 1. The state of being evident: dearbhachd. 2. testimony, proof: dearbhadh, còmhdach, fianuis, teisteas. 3. witness, one that gives evidence: fianuis.

EVIDENCE, *v. a.* 1. Prove, evince: dearbh, coimhdhearbh còmhdaich. 2. shew, make discovery of: feuch, nochd, tog fianuis mu.

EVIDENT, *adj.* Soilleir, dearbhta, cinnteach, folluiseach.

EVIDENTIAL, *adj.* Dearbhach.

EVIDENTLY, *adv.* See Evident.

EVIL, *adj.* 1. Having bad qualities of any kind, not good: olc, droch. 2. wicked, bad, corrupt: aingidh, olc, truaillidh. 3. unhappy, miserable: olc, droch, truagh, aimlisgeach. 4. mischievous, destructive, ravenous: olc, fiadhaich, millteach.

Evil, *s.* 1. Wickedness, crime: aingidheachd, olc. 2. injury, mischief: olc, dochann, cron, urchaid. 3. malignity, corruption: olc, aimhleas, gamhlas. 4. misfortune, calamity: olc, truaighe, call. 5. malady, disease: tinneas, eucail.

Evil, *adv.* See Evil, *adj.*

Evilaffected, *adj.* Mì-rùnach.

Evildoer, *s.* Fear-dèanaimh uilc, peacach.

Evilfavoured, *adj.* Droch-ghnùiseach.

Evilfavouredness, *s.* Mì-mhaise.

Evilly, *adv.* See Evil, *adj.*

Evilminded, *adj.* Droch-inntinneach, mì-rùnach, gamhlasach, droch-mhuint.

Evilspeaking, *s.* Cùl-chàineadh, càineadh, tuair-isgeul, sgainneal, droch-sgeul, droch-iomradh.

Evilwishing, *adj.* Mì-rùnach, gamhlasach.

Evilworker, *s.* Fear-droch-obair, fear-droch-oibre, peacair.

Evince, *v. a.* et *n.* 1. Prove, shew: dearbh, coimh-dhearbh, dean soilleir, còmhdaich. 2. conquer, subdue: buadhaich, faigh buaidh air. 3. prove: dearbh.

Evincible, *adj.* Dearbhta, soilleir, so-chòmhdach.

Evincibly, *adv.* See Evincible.

Evirate, *v. a.* Spoth.

Eviration, *s.* Spothadh.

Eviscerate, *v. a.* Thoir am mionach á.

Evitable, *adj.* So-sheachnaidh.

Evitate, *v. a.* See Avoid.

Eviternal, *adj.* Maireannach, buan.

Eviternity, *s.* Buan-mhaireannachd.

Eulogical, *adj.* Moltach.

Eulogically, *adv.* See Eulogical.

Eulogise, *v. a.* Mol, cliùthaich.

Eulogy, *s.* Moladh, cliù, àrd-mholadh.

Eunuch, *s.* Caillteanach.

Eunuch, } Eunuchate, } *v. a.* Dean caillteanach dheth, spoth.

Evocation, *s.* Éigheach, gairm a mach, glaodhaich.

Evoke, *v. a.* Éigh, glaodh.

Evolation, *s.* Itealaich, falbh air iteag.

Evolve, *v. a.* Fuasgail, thoir á ceangal

Evolution, *s.* Teachd á filleadh, fosgladh suas.

Euphonical, *adj.* Binn-fhoclach, binn-fhuaimeach.

Euphony, *s.* Binn-fhuaim, binnead.

Euphorbium, *s.* Lus-leusaidh.

Euphrasy, *s.* Rinn-an-ruisg.

Euroclydon, *s.* Gaoth an ear thuath.

European, *s.* Fear a' mhuinntir na Rinn-eòrpa.

European, *adj.* Europeanach.

Eurus, *s.* A' ghaoth an ear.

Evulgate, *v. a.* Craobh-sgaoil, dean folluiseach.

Evulgation, *s.* Craobh-sgaoileadh, foillseachadh.

Evulsion, *s.* Spionadh, toirt á bun.

Ewe, *s.* Caora, òisg.

Ewer, *s.* Soitheach ionnlaid, foir-shoitheach.

Exacerbate, *v. a.* Feargaich, brosnuich, dean frion-asach.

Exacerbation, *s.* Feargachadh, eargnachadh.

Exacervation, *s.* Càrnadh suas.

Exact, *adj.* 1. Nice, not failing: ceart, dòigheil, puncail, eagnaidh, riaghailteach. 2. methodical, not negligently performed: dòigheil, eagarach riaghailteach, freagarrach. 3. careful, not negligent, of persons: cùramach, ceart, cothromach. 4. honest, strict, punctual: puncail, ceart, neo-mhearachdach.

Exact, *v. a.* et *n.* 1. Require authoritatively: iarr, tagair. 2. demand of right: iarr mar chòir, tagair. 3. summon, enjoin, enforce: àithn, spreig, sparr, earalaich. 4. practice, extortion: bi ri foireigneadh.

Exaction, *s.* 1. The act of making an authoritative demand: iarruidh gu smachdail. 2. extortion, unjust demand: foireigneadh, fòirneart. 3. a tribute severely levied: cìs throm, càin throm.

Exactly, *adv.* See Exact, *adj.*

Exactness, *s.* 1. Accuracy, strict conformity to the rule, or symmetry: puncalachd, dòighealachd, riaghailteachd. 2. regularity of conduct, strictness of manners: riaghailteachd, eagnaidheachd, ceartas.

Exactor, *s.* 1. An extortioner: fear-foireignidh, fear-fòirneirt. 2. he that demands by authority: fear-àithne.

Exacuate, *v. a.* See Whet.

Exaggerate, *v. a.* 1. Heap upon, accumulate: càrn suas, meudaich, cuir ri. 2. heighten by representation: dean aibheasach, bi ag aibheiseachadh.

Exaggeration, *s.* 1. The act of heaping together: càrnadh, meudachadh. 2. hyperbolical amplification: aibheiseachadh.

Exagitate, *v. a.* Crath, luaisg, tulg.

Exagitation, *s.* Crathadh, luasgadh, tulgadh.

Exalt, *v. a.* 1. Raise on high: àrdaich, tog an àirde. 2. elevate to power, wealth, or dignity: àrdaich, tog gu h-urram. 3. elevate to joy or confidence: misnich, tog suas. 4. praise, extol, magnify: àrdaich, mol, cliùthaich. 5. heighten, improve: àrdaich, maisich.

Exaltation, *s.* 1. The act of raising on high: àrdachadh, togail an àirde. 2. elevation to power, dignity, or excellence: àrdachadh, éiridh gu h-urram. 3. elevated state, state of greatness or dignity: àirde, urram, inbhe.

Exalter, *s.* Fear-àrdachaidh.

Examen, *s.* Rannsachadh, ceasnachadh, sgrùdadh.

Examinable, *adj.* Iomchuidh ri cheasnachadh.

Examinant, } Examinate, } *s.* Neach 'g a cheasnachadh.

Examination, *s.* Ceasnachadh, rannsachadh, sgrùdadh.

Examinator, *s.* Fear-ceasnachaidh, fear-sgrùdaidh.

Examine, *v. a.* 1. Try a person accused or suspected by interrogatories: ceasnaich, fidir. 2. interrogate a witness: ceasnaich, fidir, cuir ceistean air. 3. question, doubt: cuir an teagamh. 4. try the truth, or falsehood of any proposition: rannsaich, sgrùd. 5. try by experiment: feuch, cuir deuchainn air. 6. make inquiry into, search into: rannsaich, sgrùd, fidir.

Examiner, *s.* See Examinator.

Examplary, *adj.* Eisimpleireach.

EXAMPLE, *s.* 1. Copy, or pattern: samhladh. 2. precedent: samladh, eisimpleir. 3. a person proposed as a pattern: eisimpleir, ball-sampuill. 4. influence which disposes to imitation: eisimpleir. 5. instance, illustration of a general position: eisimpleir.

EXANIMATE, *adj.* 1. Lifeless, dead: marbh, gun deò. 2. spiritless, depressed: marbhanta, neo-spioradail.

EEXANIMATION, *s.* Marbhantachd, marbhantas.

EXANIMOUS, *adj* Marbh, gun deò.

EXARCH, *s.* See Viceroy.

EXASPERATE, *v. a.* 1. Provoke, enrage: brosnuich, farranaich, feargaich. 2. heighten a difference: brosnuich, buair. 3. exacerbate: eargnaich.

EXASPERATE, *adj.* Brosnuichte, feargaichte.

EXASPERATION, *s.* 1. Aggravation, malignant representation: brosnuchadh, buaireadh, farranachadh. 2. provocation, irritation: brosnuchadh, buaireadh, culaidh mhi-thlachd. 3. exacerbation: eargnachadh.

EXCARNATE, *v. a.* Thoir an fheòil dheth.

EXCARNIFICATION, *s.* Toirt dheth na feòla.

EXCARVATE, *v. a.* Cladhaich, tochail, bùraich, dean 'n a chobhan.

EXCAVATION, *s.* 1. The act of cutting into hollows: cladhach, tochladh, bùrach, tolladh. 2. the hollow formed, the cavity: toll, slochd, còs, cobhan.

EXCEED, *v. a.* et *n.* 1. Go beyond, outgo: theirig thairis air, thoir barrachd, dean ni 's mò. 2. excel, surpass: thoir barrachd. 3. go too far, pass the bounds of fitness: rach tuilleadh is fada. 4. go beyond any limits: rach thar tomhas.

EXCEEDING, *adj.* Anabarrach, ro-mhòr.

EXCEEDING, EXCEEDINGLY, *adv.* See Exceeding.

EXCEEDINGNESS, *s.* Anabarrachd.

EXCEL, *v. a.* et *n.* 1. Outgo in qualities, surpass: thoir barrachd, faigh barrachd. 2. overpower: faigh buaidh, coisinn buaidh. 3. have good qualities in a greater degree, be eminent: bi toirt barrachd, bi os ceann, bi ni 's cliùthaichte, bi ni 's ainmeil.

EXCELLENCE, EXCELLENCY, *s.* 1. The state of abounding in any good quality: òirdheirceas, gasdachd. 2. dignity, high rank in existence: mòrachd, àrd inbhe, urram. 3. the state of excelling in any thing: feothas, gasdachd, ealantachd. 4. that in which one excels: maitheas, ni ciatach, ni ion-mholta. 5. purity, goodness: gloine, maitheas. 6. a title of honour: òirdheirceas.

EXCELLENT, *adj.* Òirdheirc, gasda mòr, urramach ion-mholta, ainmeil, cliùiteach.

EXCEPT, *v. a.* et *n.* 1. Leave out: fàg a mach cuir air cùl, diùlt, ob, cuir an leth a muigh. 2. object, make objections: cuir air cùl, ob, cuir teagamh ann.

EXCEPT, *prep.* 1. Exclusive of: ach, saor o. 2. unless: mur, mur 'eil.

EXCEPTION, *s.* 1. Exclusion from the things comprehended in a precept: cur an taobh a muigh, cur ag, fagail a mach, diùltadh, obadh. 2. thing excepted: ni an taobh a muigh. 3. objection, cavil: coire, cunnuil, cron. 4. peevish dislike: cunnuil, coire, dreamlainn.

EXCEPTIONABLE, *adj.* Buailteach do choire.

EXCEPTIONER, *s.* Cronadair.

EXCEPTIOUS, *adj.* Crosda, dreamlainneach.

EXCEPTIOUSNESS, *s.* Dreamaiche.

EXCEPTOR, *s.* See Exceptioner.

EXCERP, EXCERPT, *v. a.* Roghnaich, tagh.

EXCERPTION, *s.* Roghnachadh, taghadh.

EXCERPTOR, *s.* Taghadair.

EXCERPTS, *s.* Mìrean taghta.

EXCESS, *s.* 1. More than enough: cus, anbharr, tuilleadh 's a' chòir. 2. intemperance: anabharr, ana-measarrachd. 3. violence of passion: teas, corruich.

EXCESSIVE, *adj.* Anabarrach, ana-measarra, fuathasach.

EXCESSIVELY, *adv.* See Excessive.

EXCHANGE, *v. a.* Malairtich, iomlaidich, dean suaip.

EXCHANGE, *s.* 1. The act of giving and receiving reciprocally: iomlaid, malairt, suaip. 2. traffic by permutation: malairt, coimh-cheannachd. 3. the balance of money of different nations: mùthadh luach, airgid gach rìoghachd. 4. the thing given in return for something received: luach, fiach, éiric. 7. place of sale: àite coinneamh luchd malairt.

EXCHANGEABLE, *adj.* Malairteach.

EXCHANGER, *s.* Fear-malairt.

EXCHEQUER, *s.* Cùirt ionmhais a' chrùin.

EXCISABLE, *adj.* Air an cuirear cìs-badhair.

EXCISE, *s.* Cìs-badhair.

EXCISE, *v. a.* Tog cìs-badhair dheth.

EXCISEMAN, *s.* Fear cìs-badhair.

EXCISION, *s.* Gearradh air falbh, dìth-mhilleadh.

EXCITABLE, *adj.* So-ghluasad, so-charachaidh.

EXCITATION, *s.* Gluasad, carachadh, dùsgadh, brosnuchadh, brodadh, buaireadh.

EXCITE, *v. a.* Dùisg, beothaich, brosnuich, gluais, misnich.

EXCITEMENT, *s.* Aobhar-dùsgaidh, culaidh-bhrosnuchaidh, spor.

EXCITER, *s.* Fear-dùsgaidh, fear-brosnuchaidh.

EXCITING, *s.* See Excitation.

EXCLAIM, *v. n.* Glaodh, éigh, gairm a mach.

EXCLAIMER, *s.* Fear-àrd-ghuthach.

EXCLAMATION, *s.* 1. Vehement outcry: glaodh, eubh, iolach, gàir, sgread. 2. a note by which a pathetic sentence is marked: comharradh an iongantais.

EXCLAMATORY, *adj.* Àrd-ghuthach, a bheir mosgladh.

EXCLUDE, *v. a.* 1. Shut out: druid a mach, bac. 2. debar, prohibit: druid a mach, bac, toirmisg. 3. not to comprehend in any grant or privilege: cum air ais.

EXCLUSION, *s.* 1. The act of shutting out or denying admission: dùnadh a mach, druideadh a mach. 2. rejection, not reception in any manner: diùltadh, bacadh. 3. The act of debarring from any

privilege or participation: bacadh, diùltadh, druideadh a mach, toirmeasg. 4. ejection, emission, thing emitted: tilgeadh a mach.

EXCLUSIVE, *adj.* A' bacadh, a' druideadh a mach a' diùltadh, a' toirmeasg.

EXCLUSIVELY, *adv.* See Exclusive.

EXCOGITATE, *v. a.* et *n.* 1. Invent, strike out by thinking: breithnich, tionnsgain, cnuasaich, beachdaich. 2. think: smuainich, beachd-smuainich.

EXCOGITATION, *s.* Tionnsgnadh, dealbhadh, beachd-smuaineachadh.

EXCOMMUNICATE, *v. a.* Cuir á comunn nan Criosduidhean, coinneal-bhàth, ascaointich.

EXCOMMUNICATE, *adj.* Air a chur á comunn nan Criosduidhean.

EXCOMMUNICATE, *s.* Neach fuidh ascaoin eaglais.

EXCOMMUNICATION, *s.* Coinneal-bhàthadh, ascaoin eaglais, cur á comunn nan Criosduidhean.

EXCORIATE, *v. a.* Feann, rùisg, thoir an craicionn deth.

EXCORIATION, *s.* 1. Loss of skin: feannadh, fionnadh, rùsgadh. 2. plunder, spoil: creach, lomradh, spùinneadh.

EXCREMENT, *s.* That which is thrown out as useless from the natural passages of the body: cac, salchar, innear. 2. hair: falt, fionnadh.

EXCRESCENCE, EXCRESCENCY, *s.* Meall, foinne, fliodh.

EXCRETION, *s.* See Excrement.

EXCRUCIABLE, *adj.* Buailteach do dhòruinn.

EXCRUCIATE *v. a.* Cràidh, pian, claoidh, goirtich.

EXCRUCIATION, *s.* Cràdh, pian, dòruinn.

EXCUBATION, *s.* Faire rè na h-oidche.

EXCULPATE, *v. a.* Saor, fìreanaich, gabh a leisgeul.

EXCULPATION, *s.* Saoradh, fìreanachadh.

EXCULPATORY, *adj.* A' fìreanachadh, a' saoradh o choire, leisgeulach.

EXCURSION, *s.* 1. The act of deviating from the stated or settled path, a ramble: cuairt: sgrìob, turus, sràid bhàrr na slighe. 2. an expedition into some distant part: turus, astar. 3. digression, ramble from a subject: cuairt, sgrìob, dol a thaobh.

EXCURSIVE, *adj.* Turusach, falbhanach, siùbhlach.

EXCURSIVELY, *adv.* See Excursive.

EXCUSABLE, *adj.* Leisgeulach, so-mhathaidh.

EXCUSABLENESS, *s.* Leisgeulachd.

EXCUSE, *v. a.* 1. Extenuate by apology: gabh leisgeul, thoir leisgeul air son. 2. weaken, or mollify obligation to any thing: gabh leisgeul. 3. pardon by allowing an apology: maith, logh. 4. throw off imputation by a feigned apology: gabh leisgeul.

EXCUSE, *s.* Leisgeul.

EXCUSELESS, *adj.* Gun leisgeul.

EXCUSER, *s.* 1. One who pleads for another: leisgeulaiche, fear-gabhail leisgeil. 2. one who forgives another: leisgeulaiche, fear-mathaidh.

EXCUSS, *v. a.* Glac gu laghail.

EXCUSSION, *s.* Glacadh a ṙéir an lagha.

EXECRABLE, *adj.* Fuathach, daochail, oillteil, gràineil, mallaichte.

EXECRABLY, *adv.* See Execrable.

EXECRATE, *v. a.* Mallaich, guidh olc do.

EXECRATION, *s.* 1. Curse, imprecation of evil: mallachadh, mallachd, droch ghuidhe. 2. the object of execration: mallachadh.

EXECUTE, *v. a.* et *n.* 1. Perform, practise: dèan, cuir an gnìomh, coimhlion. 2. put in act, do what is planned or determined: coimhlion, cuir an gnìomh, crìochnaich. 3. put to death: cuir gu bàs, marbh. 4. perform the proper office: cuir an gnìomh.

EXECUTER, *s.* 1. He that performs or executes any thing: fear-dèanaimh, fear-coimhlionaidh. 2. he that is entrusted to perform the will of a testator: fear-cùraim tiomnaidh.

EXECUTION, *s.* 1. Performance, practice: dèanamh, cur an gnìomh, coimhlionadh. 2. the last act of the law in civil causes, by which possession is given of body or goods: gleidheadh, cumail. 3. capital punishment: cur gu bàs, crochadh, dìth-cheannadh. 4. destruction, slaughter: àr, milleadh, cur gu dìth.

EXECUTIONER, *s.* 1. He that inflicts capital punishment: fear cur gu bàs, crochadair, 2. he that kills: marbhaiche. 3. the instrument by which any thing is performed: inneal.

EXECUTIVE, *adj.* Gnìomhach, gnìomh-chomasach, cumhachdach.

EXECUTRIX, *s.* Bean cùraim tiomnaidh.

EXEGESIS, *s.* Mìneachadh teagaisg.

EXEGETICAL, *adj.* A' mìneachadh teagaisg.

EXEGETICALLY, *adv.* See Exegetical.

EXEMPLAR, *s.* See Example, Sense 1.

EXEMPLARILY, *adv.* See Exemplary.

EXEMPLARINESS, EXEMPLARITY, *s.* Staid eisimpleir.

EXEMPLARY, *adj.* 1. Such as may deserve to be proposed in imitation: eisimpleireach, eisiomplaireach ion-mholta, cliù-thoillteanach. 2. such as may give warning to others: eisiomplaireach. 3. such as may attract notice and imitation: eisiomplaireach, deadh-bheusach. 4. illustrating as the proof of a thing: coimeasach, samhlach.

EXEMPLIFICATION, *s.* Samhlachas, coimeas, eisimpleir.

EXEMPLIFIER, *s.* Fear-leanmhuinn eisimpleir neach eile.

EXEMPLIFY, *v. a.* 1. Illustrate by example: mìnich le cosmhuileachd. 2. transcribe, copy: ath-sgrìobh.

EXEMPT, *v. a.* Saor, leig seachad, ceadaich a bhi saor.

EXEMPT, *adj.* 1. Free by privilege: saor. 2. not subject, not liable to: saor, neo-bhuailteach. 3. clear, not included: saor, gun bhi air a ghabhail a stigh.

EXEMPTION, *s.* Saorsa, sochair, ceadachadh dol saor.

EXEQUIAL, *adj.* A bhuineas do dh' adhlacadh.

EXEQUIES, *s.* Ollanachadh, adhlacadh, tiodhlacadh.

EXERCENT, *adj.* Gnàthach, gnìomhach, dèanadach.

EXERCISE, *s.* 1. Labour considered as conducive to the cure or prevention of diseases: saothair, cleachdadh corporra, sràid-imeachd, gluasad, falbhan. 2. something done for amusement: iomairt, gnàth-

achadh, gnìomh. 3. habitual action by which the body is formed to gracefulness, air, and agility: cleachdadh corporra. 4. preparatory exercise in order to skill: cleachdadh, oileanachadh. 5. use, actual application of any thing: cleachdadh, cur an gnìomh, gnàthachadh. 6. task: gnìomh. 7. act of divine worship: seirbhis an Tighearna.

EXERCISE, *v. a.* et *n.* 1. Employ: oibrich, gnàthaich. 2. train by use to any act: cleachd, gnàthaich. 3. habituate: cleachd, gnàthaich. 4. busy, keep busy: dèan, oibrich, cum ri saothair. 5. task: cleachd, feuch. 6. practise, perform: cuir an gnìomh, dèan. 7. exert: cuir an gnìomh, cleachd. 8. use exercise: bi gluasad, dean sràidimeachd, cleachd saothair chorporra.

EXERCISER, *s.* Fear cleachdaidh ni sam bith.

EXERCITATION, *s.* See Exercise, *s.*

EXERT, *v. a.* 1. Use with an effort: feuch ri, thoir deannal do, dean spàirn, dean dìchioll, cuir chuige. 2. put forth, perform: cuir ri, feuch ri, saothraich, oibrich. 3. bring out: thoir a mach. 4. emit, push out, push forth: cuir a mach, pùc a mach.

EXERTION, *s.* Oidhirp, deuchainn, dìchioll, spàirn, spéiread.

EXESION, *s.* Itheadh, cnàmh, cagnadh.

EXESTUATION, *s.* See Ebullition.

EXFOLIATE, *v. n.* Sgrath, sgar.

EXFOLIATION, *s.* Sgrathadh, sgaradh.

EXHALABLE, *adj.* So chur 'n a cheò.

EXHALATION, *s.* 1. The act of exhaling or sending out in vapours: cur 'n a cheò, cur 'n a smùid. 2. the state of evaporating or flying out in vapours: éiridh 'n a smuid, no, 'n a cheò. 3. that which rises in vapours: ceò, smùid, grian-deatach, deatach.

EXHALE, *v. a.* 1. Send or draw out in vapours or fumes: smùidich, cuir 'n a smùid, tiormaich, cuir 'n a dheataich. 2. draw out: tarruing a mach.

EXHALEMENT, *s.* See Exhalation.

EXHAUST, *v. a.* 1. Drain, diminish: tràgh, tiormaich. 2. draw out totally, draw out till nothing is left: tràgh, falmhaich, taosg.

EXHAUST, *adj.* Falmhaichte, tràghta.

EXHAUSTIBLE, *adj.* A ghabhas tràghadh.

EXHAUSTION, *s.* Tràghadh, traoghadh, falmhachadh, tiormachadh, taosgadh.

EXHAUSTLESS, *adj.* See Inexhaustible.

EXHIBIT, *v. a.* Nochd, taisbean, feuch, foillsich, cuir a làthair.

EXHIBITER, *s.* Fear-nochdaidh, fear-foillseachaidh.

EXHIBITION, *s.* 1. The act of exhibiting, display: nochdadh foillseachadh, taisbeanadh, leigeadh ris. 2. allowance, salary: pàidheadh, teachd a steach.

EXHIBITIONER, *s.* Fear-faotainn ionnsachaidh an àrd sgoil an Sasunn air son dìlib.

EXHIBITORY, *adj.* A' nochdadh, a' foillseachadh, a' leigeil ris.

EXHILARATE, *v. a.* et *n.* 1. Make cheerful, cheer, fill with mirth: dean cridheil, dean sunndach, cuir aoibhneas air. 2. become glad: bi cridheil, bi sunndach, bi aoibhneach, bi greannmhor.

EXHILARATION, *s.* Cridhealas, sunnd.

EXHORT, *v. a.* Earalaich, comhairlich, cuir a dh' achuinge air.

EXHORTATION, *s.* 1. The act of exhorting, incitement to do good: comhairleachadh, earalachadh, cur impidh. 2. the form of words by which one is exhorted: comhairle, earail.

EXHORTER, *s.* Comhairliche, earalaiche.

EXHUMATION, *s.* Toirt as an uaigh.

EXICCATE, *v. a.* Tiormaich, dean tioram.

EXICCATION, *s.* Tiormachadh, deanamh tioram.

EXICCATIVE, *adj.* Tiormachail.

EXIGENCE, EXIGENCY, *s.* 1. Demand, want, need: feum, easbhuidh, dìth, uireasbhuidh. 2. pressing necessity, distress: éigin, cruaidh-chas, teanntachd, gainne.

EXIGENT, *adj.* Éigineach, éigeantach, cruaidh, cruadalach.

EXIGENT, *s.* Éigin, teanntachd, cruaidh-chas, càs.

EXIGUITY, *s.* Meurandachd, caoilead, crìnead.

EXIGUOUS, *adj.* Meuranda, caol, meanbh, crion.

EXILE, *s.* 1. Banishment: fògradh, fuagradh, fuadach fad as. 2. the person banished: fear-fuadain, fògair, fògarach, dìobaireach.

EXILE, *v. a.* Fògair, fuadaich, cuir as an tìr.

EXILEMENT, *s.* Fògradh, fuadach.

EXIMIOUS, *adj.* Oirdheirc, measail, cliùiteach, ainmeil.

EXIST, *v. n.* Bi, bi beò, mair, bi làthair.

EXISTENCE, EXISTENCY, *s.* 1. State of being: bith, beatha. 2. a being: bith.

EXISTENT, *adj.* A ta, a làthair, beò.

EXIT, *s.* 1. Recess, departure, act of quitting the stage: dol a mach, falbh, triall, siubhal, caochladh. 2. passage out of any place: slighe, fosgladh.

EXODE, *s.* See Farce.

EXODUS, EXODY, *s.* 1. Departure, journey from a place: imeachd, triall, turus. 2. the second book of Moses: Ecsodus.

EXONERATE, *v. a.* Neo-luchdaich, eutromaich, saor o uallach, fìreanaich.

EXONERATION, *s.* Eutromachadh, fìreanachadh.

EXOPTABLE, *adj.* Ion-mhiannaichte.

EXORABLE, *adj.* So-chomhairleachaidh, so-lùbaidh, so-asluchaidh.

EXORBITANCE, EXORBITANCY, *s.* 1. Enormity, gross deviation from rule or right: ana-cuimse, uamharrachd, anabarrachd. 2. boundless depravity: mòr-aingidheachd, daochalachd, truaillidheachd.

EXORBITANT, *adj.* 1. Deviating from the course appropriated or rule established: ana-cuimseach, anabarrach, neo-chuimseach. 2. enormous, beyond due proportion, excessive: ana-cuimseach, neo-chuimseach, anabarrach, fuathasach, uamharra, thar tomhas.

EXORBITANTLY, *adv.* See Exorbitant.

EXORBITATE, *v. n.* Bi ana-cuimseach, rach a thaobh.

EXORCISE, *v. a.* Fògair deamhan, fuadaich droch spiorad, cuir spiorad fuidh ghleasaibh.

EXORCISM, *s.* Geasadaireachd, tilgeadh a mach dheamhan.

EXORCIST, *s.* 1. One who by adjurations, prayers, or religious acts drives away malignant spirits: fear-cur spioradan fuidh gheasaibh, fear-tilgidh a mach dheamhan. 2. an enchanter: druidh, geas-adair.

EXORDIAL, *adj.* See Introductory.

EXORDIUM, *s.* Roimh-ràdh, toiseach, tùs-labhairt.

EXORNATION, *s.* See Ornament.

EXOTIC, } *adj.* Coimheach, allmharach, coigreach,
EXOTICAL, } coigreachail.

EXOTIC, *s.* Lus coimheach.

EXPAND, *v. a.* 1. Spread, lay out as a net or sheet: sgaoil, fosgail a mach. 2. dilate, spread out every way, diffuse: sgaoil, meudaich, at.

EXPANSE, *s.* Còmhnard mòr, fosgladh farsuing, iarmailt, sìneadh.

EXPANSIBLE, *adj.* So-sgaoileadh, so-shìneadh a mach.

EXPANSION, *s.* 1. The state of being expanded into a wider surface: sgaoileadh, fosgladh, sìneadh a mach. 3. extent, space: farsuingeachd, leud, foir-leathad.

EXPANSIVE, *adj.* Sgaoilteach, so-shìneadh a mach.

EX PARTE, Aon taobh cùise.

EXPATIATE, *v. n.* 1. Range at large: sìn a mach, gabh romhad gu fada farsuing. 2. enlarge upon in language: leudaich.

EXPATRIATE, *v. a.* Fuadaich, fògair, cuir as an dùthaich.

EXPATRIATION, *s.* Fògradh, dol as an dùthaich.

EXPECT, *v. a.* et *n.* 1. Have a previous apprehension of either good or evil: bitheadh dòchas agad, bi an dùil. 2. await for, attend the coming: feith ri, amhairc air son. 3. wait, stay: stad, fan, fuirich, feith.

EXPECTANCE, } *s.* 1. The act or state of expecting:
EXPECTANCY, } dùil, dòchas, iughair, feitheamh. 2. something expected: dùil, ni ris am bheil dòchas. 3. hope: dòchas, dùil, earbsa.

EXPECTANT, *adj.* Fiughaireach a' feitheamh, an dùil, ag altrum dòchais.

EXPECTANT, *s.* Fear-feitheimh an dùil, fear-fiughair.

EXPECTATION, *s.* 1. The act of expecting: dùil, dòchas, feitheamh. 2. the state of expecting either with hope or fear: dòchas, dùil, feitheamh, sùil. 3. prospect of any thing good to come: dòchas, dùil, fiughair.

EYPECTER, *s.* Fear-sùil ri, fear feitheimh air son.

EXPECTORATE, *v. a.* Réitich do bhràighe, cuir a mach smugaid, cuir a mach le casad.

EXPECTORATION, *s.* 1. The act of discharging from the breast: cur a mach le casad, réiteach bràighe. 2. that discharge which is made by coughing: smugaid, sileadh, splangaid.

EPXEDIENCE, } *s.* Freagarrachd, comh-fhreagarr-
EXPEDIENCY, } achd, iomchuidheachd, feumalachd.

EXPEDIENT, *adj.* Freagarrach, iomchuidh, cubhaidh, cothromach.

EXPEDIENT, *s.* 1. That which helps forward as means to an end: meadhon. 2. a shift: seòl, dòigh, innleachd.

EXPEDIENTLY, *adv.* See Expedient, *adj.*

EXPEDITE, *v. a.* Luathaich, greas, cuir cabhag air.

EXPEDITE, *adj.* 1. Quick, hasty: luath, cabhagach, ealamh, grad. 2. easy, disencumbered: réidh, furasda. 3. nimble, active: grad, clis, tapaidh.

EXPEDITELY, *adv.* See Expedite, *adj.*

EXPEDITION, *s.* 1. Haste, speed, activity: luathas, luathailt, cabhag, graide. 2. a march or voyage with martial intentions: ionnsuidh, turus naimhdeil.

EXPEDITIOUS, *adj.* 1. Speedy, quick, soon done: ullamh, ealamh, luath. 2. nimble, quick, swift: grad, clis, cabhagach, smiorail.

EXPEDITIOUSLY, *adv.* See Expeditious.

EXPEL, *v. a.* 1. Drive out, force away: tilg a mach, pùc a mach, cuir air falbh. 2. eject, throw out: tilg a mach, cuir air falbh. 3. banish: fògair, fuagair, fuadaich, iomain á dhùthaich, 4. reject, refuse: diùlt, ob, cuir cùl ri. 5. keep off, exclude: cum air falbh, bac, cum uait.

EXPEND, *v. a.* Caith, cosd.

EXPENSE, *s.* Cosdas, cur a mach airgid.

EXPENSEFUL, *adj.* Cosdail, daor.

EXPENSELESS, *adj.* Saor, neo-chosdail.

EXPENSIVE, *adj.* 1. Given to expense, extravagant: cosdail caithteach, struidheil. 2. costly, requiring expense: cosdail, daor, luachmhor, prìseil. 3. liberal, generous: fial, fialaidh.

EXPENSIVELY, *adv.* See Expensive.

EXPENSIVENESS, *s.* 1. Addiction to expense, extravagance: cosdalachd, struidhealachd. 2. costliness: luachmhorachd, cosdalachd, mòr-phrìs.

EXPERIENCE, *s.* 1. Practice, frequent trial: cleachdadh, deuchainn. 2. knowledge gained by trial and experience: féin-fhiosrachadh, gnàth-eòlas, dearbhadh, aithne cleachdaidh, fionnachduinn.

EXPERIENCE, *v. a.* 1. Try, practise: feuch ri, thoir deuchainn, cleachd, gnàthaich. 2. know by practice: mothaich, faigh fios faireachduinn.

EXPERIENCED, *adj.* Gnàthaichte ri, cleachdta, eòlach tre fhéin-fhiosrachadh.

EXPERIMENT, *s.* Deuchainn, oidhirp, ionnsuidh.

EXPERIMENTAL, *adj.* 1. Pertaining to experiment: oidhirpeach, deuchainneach. 2. known by experiment or trial: fiosail, fiosrach, air am bheil eòlas féin-fhiosrachaidh.

EXPERIMENTALLY, *adv.* See Experimental.

EXPERT, *adj.* 1. Skilful, addressful, intelligent: ealanta, teòma, seòlta, eòlach. 2. ready, dexterous: deas, ealamh, tapaidh.

EXPERTLY *adv.* See Expert.

EPPERTNESS, *s.* Seòltachd, ealantachd, teòmachd, tapachd, eòlas.

EXPIABLE, *adj.* So-dhìolaidh, so-ìocaidh, air son am feudar éiric a thoirt.

EXPIATE. *v. a.* 1. Atone for: ìoc, thoir éiric, thoir dìoladh air son coire. 2. make reparation for: ath-dhìol, dìol, ìoc, thoir seachad éiric.

EXPIATION, *s.* Dìoladh, ìocadh, éiric, ath-dhìoladh.

EXPIATORY, *adj.* Réiteachail, a ni dìoladh air son.

EXPIRATION, *s.* 1. The act of respiration which thrusts the air out of the lungs, and contracts the cavity of the breast: tarruing na h-anach, séideag

analach. 2. the last emission of breath, death: call an deò, bàsachadh. 3. evaporation, act of fuming out: toth. 4. vapour, matter expired: toth, séideadh. 5. the cessation of any thing to which life is figuratively ascribed: dol as, dol bàs. 6. the conclusion of any limited time: crìoch, ceann.

EXPIRE, *v. a.* et *n.* 1. Breathe out: séid, analaich. 2. conclude; crìochnaich, thoir gu ceann. 3. make an emission of the breath: analaich. 4. die, breathe the last: bàsaich, thoir suas an deò. 5. perish, fall, be destroyed: rach a dhìth, rach as. 6. fly out with a blast: séid. 7. conclude, terminate: crìochnaich, thig gu crìch.

EXPLAIN, *v. a.* Mìnich, soilleirich, dean so-thuigsinn, foillsich.

EXPLAINER, *s.* Fear-mìneachaidh, fear-dèanaimh soilleir, eadar-theangair.

EXPLANATION, *s.* 1. The act of explaining or interpreting: mìneachadh, soilleireachadh, eadar-theangachadh, nochdadh. 2. the sense given by an explainer or interpreter: seadh, mìneachadh, brìgh ciallachaidh.

EXPLANATORY, *adj.* A' mìneachadh, a' soilleireachadh.

EXPLETION, *s.* Coimhlionadh.

EXPLICABLE, *adj.* So-mhìneachaidh, so-dhèanaimh soilleir.

EXPLICATE, *v. a.* 1. Unfold, expand: fosgail, thoir á 'fhillidhean. 2. explain, clear, interpret: mìnich, soilleirich, dèan so-thuigsinn.

EXPLICATION, *s.* 1. The act of opening, unfolding: fosgladh fuasgladh á 'fhillidhean. 2. interpretation: mìneachadh, soilleireachadh, eadar-mhìneachadh, eadar-theangachadh.

EXPLICATIVE, EXPLICATORY, *adj.* Soillseach, a' mìneachadh.

EXPLICIT, *adj.* Soilleir, puncail, so-thuigsinn, réidh.

EXPLICITLY, *adv.* See Explicit.

EXPLICITNESS, *s.* Soilleireachd, puncalachd.

EXPLODE, *a. v.* 1. Drive out disgracefully with some noise of contempt: tilg a mach le tàir, thoir masladh do, cuir an neo-shuim. 2. drive out with noise and violence: spreadh, tilg a mach le spreadhadh.

EXPLOIT, *s.* Euchd, treubhantas, mor-ghnìomh, beart.

EXPLORATE, *v. a.* See Explore.

EXPLORATION, *s.* See Explorement.

EXPLORE, *v. a.* Feuch, rannsaich, sgrùd, sir, cuir deuchainn air.

EXPLOREMENT, *s.* Feuchainn, rannsachadh, deuchainn.

EXPLOSION, *s.* Spreadhadh, spreadh, bragh.

EXPLOSIVE, *adj.* Spraidheach.

EXPOLIATION, *s.* Spùilleadh, creach, spùinneadh.

EXPORT, *v. a.* Cuir air falbh do thìr eile, cuir á caladh.

EXPORT, *s.* Bathar a chaidh a thoirt do thìr eile.

EXPORTATION, *s.* Cur bathar air muir, cur a mach.

EXPORTER, *s.* Fear-cur bathair air muir.

EXPOSE, *v. a.* Lay open, make liable: nochd, foillsich, leig ris. 2. put in the power of any thing: cuir an comas, cuir am mèinn. 3. lay open, make bare: rùisg, leig ris, nochd. 4. lay open to censure or ridicule: leig ris, rùisg, dean ball magaidh dheth. 5. lay open to examination: leig ris, nochd, taisbean. 6. put in danger: cuir an cunnart, cuir an gàbhadh. 7. censure: dean 'n a aobhar ghàire, faigh coire dha.

EXPOSER, *s.* Fear-nochdaidh, fear leigeil ris.

EXPOSITION, *s.* 1. The situation in which any thing is placed with respect to the sun or air: suidheachadh, leagail. 2. explanation, interpretation: mìneachadh, soilleireachadh, nochdadh, taisbeanadh, eadar-theangachadh, eadar-mhìneachadh.

EXPOSITOR, *s.* Fear-mìneachaidh, eadar-theangair.

EXPOSTULATE, *v. a.* et *n.* 1. Discuss, inquire into: reusonaich, rannsaich. 2. canvass with another, altercate: connsaich, cothaich.

EXPOSTULATION, *s.* 1. Debate, altercation: connsachadh, reusanachadh, cothachadh, deasboireachd. 2. charge, accusation: casaid, cùis-dhìtidh.

EXPOSTULATOR, *s.* Fear-reusanachaidh ri neach.

EXPOSURE, *s.* 1. The act of exposing or setting out to observation: nochdadh, foillseachadh, leigeil ris. 2. the state of being open to observation: leigeil ris, rùsgadh, taisbeanadh. 3. the state of being exposed, or liable to any thing: rùsgadh, leigeil ris, buailteachd do. 4. the state of being in danger. gàbhadh, cunnart. 5. exposition, the situation in which the sun or air is received: suidheachadh, leagail.

EXPOUND, *v. a.* 1. Explain, clear, interpret: mìnich, eadar-mhìnich, eadar-theangaich, dean soilleir. 2. examine, lay open: sgrùd, rannsaich, leig ris.

EXPRESS, *v. a.* 1. Copy, resemble, represent: riochdaich, samhlaich. 2. represent by any of the imitative arts: riochdaich, samhlaich, dealbh, dreach. 3. represent in words, exhibit in language: cuir an céill, innis, aithris, thoir tuairisgeul mu. 4. show, or make known in any manner: nochd, foillsich, taisbean. 5. squeeze out: fàisg, bruth á'.

EXPRESS, *adj.* 1. Copied, resembling: samhlach, coltach, cosmhuil. 2. plain, apparent: soilleir, puncail, folluiseach. 3. on purpose: a dh' aonghnothach, a dh' aon obair.

EXPRESS, *s.* 1. A messenger sent on purpose: teachdair cabhaig. 2. a message sent: teachdaireachd chabhaig.

EXPRESSION, *s.* 1. The act or power of representing any thing: samhlachadh, cur an céill, ràdh, nochdadh. 2. the form or mode of language in which any thing is uttered: dòigh labhairt, aithris, cainnt. 3. the act of squeezing out any thing by a press: fàsgadh.

EXPRESSIVE, *adj.* Làn seadh, cumhachdach, brìoghmhor.

EXPRESSIVELY, *adv.* See Expressive.

EXPRESSIVENESS, *s.* Seadhalachd, brìghealachd.

EXPRESSLY, *adv.* See Express, *adj.*

EXPROBRATE, *v. a.* Maslaich, càin, cronaich, troid.

EXPROBRATION, *s.* Tàmailt, masladh, càineadh, trod, sglamhruinn.

EXPUGN, *v. a.* Buadhaich, cìosnaich, iomghabh, cuir fuidh smachd, ceannsaich.

EXPUGNATION, *s.* Buadhachadh, ceannsachadh, iomghabhail, toirt fuidh smachd.

EXPULSE, *v. a.* Fògair, cuir a mach, cuir air falbh.

EXPULSION, *s.* 1. The act of expelling, or driving out: fògradh, fuadach, cur a mach. 2. the state of being driven out: fògradh, fuadach, cur a mach.

EXPULSIVE, *adj.* A dh' fhògras, a dh' fhuadaicheas air falbh.

EXPUNCTION, *s.* Dubhadh as, milleadh.

EXPUNGE, *v. a.* 1. Blot out, rub out: dubh a mach, sgrìob as. 2. efface, annihilate: mill, dubh a mach.

EXPUNGING, *s.* Dubhadh a mach.

EXPURGATION, *s.* Glanadh, sgùradh, ionnlad.

EXPURGE, *v. a.* Glan, nigh, ionnlaid.

EXQUISITE, *adj.* 1. Farsought, excellent: òirdheirc, gasda, taghta, coimhlionta. 2. consummately bad: ro-olc, fìor olc. 3. very sensibly felt: ro-mhothachail.

EXQUISITELY, *adv.* See Exquisite.

EXQUISITENESS, *s.* Òirdheirceas, grinneas.

EXSCRIBE, *v. a.* Ath-sgrìobh.

EXSCRIPT, *s.* Ath-sgrìobhadh, dùblachadh sgrìobhaidh.

EXSICCANT, *adj.* Tiormachail.

EXSICCATE, *v. a.* Tiormaich.

EXSICCATION, *s.* Tiormachadh.

EXSUCTION, *s.* Sùghadh, deoghal.

EXSUDATION, *s.* Cur falluis deth, fallus.

EXTANT, *adj.* Folluiseach, a làthair, beò, maireann.

EXTEMPORANEOUS, EXTEMPORARY, *adj.* Bhàrr làimhe, gun ullachadh.

EXTEMPORE, *adv.* Gun ullachadh, bhàrr làimhe.

EXTEMPORIZE, *v. n.* Labhair gun ullachadh.

EXTEND, *v. a.* et *n.* 1. Stretch out in any direction: sìn, sgaoil. 2. amplify: leudaich, meudaich. 3. spread abroad, diffuse, expand: sgaoil, cuir am farsuingeachd, leudaich. 4. widen to a large comprehension: dean farsuing, leudaich. 5. impart, communicate: bàirig, compàirtich. 6. reach to any distance: ruig air.

EXTENSIBLE, *adj.* So-shìneadh a mach, so-leudachaidh.

EXTENSION, *s.* Sìneadh, ruigheachd, sgaoileadh, farsuingeachd, leud, meud.

EXTENSIVE, *adj.* Leathan, farsuing, mòr.

EXTENSIVELY, *adv.* See Extensive.

EXTENSIVENESS, *s.* Farsuingeachd, meud, leud.

EXTENT, *s.* 1. Space or degree to which any thing is extended: farsuingeachd, meud, leud, fad. 2. bulk, size, compass: meud, dòmhladas. 3. communication, distribution: bàirigeadh, compàirteachadh. 4. execution, seizure: glacadh.

EXTENUATE, *v. a.* 1. Lessen, make small or slender in bulk: lughdaich, caolaich, 2. lessen, diminish in any quality: lughdaich, beagaich. 3. lessen, degrade, diminish in honour: islich, lughdaich. 4. palliate: gabh leisgeul, eutromaich coire. 5. make lean: tanaich, caolaich. 6. make rare: tanaich.

EXTENUATE, *adj.* Caol, tana.

EXTENUATION, *s.* 1. The act of representing things less ill than they are: lughdachadh, beagachadh, gabhail leisgeil. 2. mitigation, alleviation of punishment: eutromachadh lughdachadh. 3. a loss of plumpness: tanachadh, caolachadh.

EXTERIOR, *adj.* A muigh, air an taobh muigh.

EXTERIOR, *s.* An taobh muigh.

EXTERMINATE, *v. a.* Dìth-làraich, dìthich, sgrios, spion á 'fhreumaibh, thoir as a bhun, fògair.

EXTERMINATION, *s.* Sgrios, milleadh, dìtheachadh.

EXTERMINATOR, *s.* Dìth-mhilltear.

EXTERNAL, EXTERNALLY, *adj.* *adv.* A muigh, air an taobh muigh.

EXTIL, *v. n.* Sil, sruth.

EXTILLATION, *s.* Sileadh, sruthadh.

EXTIMULATE, *v. a.* Spor, brosnaich.

EXTIMULATION, *s.* Sporadh, brogadh, brodadh, brosnachadh.

EXTINCT, *adj.* 1. Extinguished, quenched, put out: air a chur as, crìochnaichte. 2. at a stop, without progressive succession: air seasamh. 3. abolished, out of force: mùchta, marbh.

EXTINCTION, *s.* 1. The act of quenching or extinguishing: mùchadh, cur as, smàladh. 2. the state of being quenched: dol as, mùchadh. 3. destruction, excision: milleadh, sgrios, dith-làrachadh.

EXTINGUISH, *v. a.* 1. Put out, quench: cuir as, mùch, smàl as. 2. suppress, destroy: mill, sgrios, caisg. 3. cloud, obscure: dorchaich, tarruing neul air.

EXTINGUISHER, *s.* Mùchadair.

EXTINGUISHMENT, *s.* See Extinction.

EXTIRPATE, *v. a.* Dith-làraich, dith-mhill, spìon á bun, sgrios, dithich.

EXTIRPATION, *s.* Toirt á 'fhreumhaichean, spìonadh á bun, dìth-mhilleadh, sgrios.

EXTIRPATOR, *s.* Dith-mhilltear.

EXTOL, *v. a.* Àdhmhol, àrd-mhol, àrdaich, cliùthaich.

EXTOLLER, *s.* Fear-molaidh.

EXTORT, *v. a.* Buin uaith, dean foirneart air, thoir air falbh le h-ainneart.

EXTORTER, *s.* Fear-fòirneirt.

EXTORTION, *s.* Fòirneart, foireigneadh, ana-cothrom.

EXTORTIONER, *s.* Fear foir-eigin, fear-sàruchaidh, fear-fòirneirt.

EXTRACT, *s.* 1. Draw out of something: tarruing á, thoir á. 2. select and abstract from a larger treatise: tarruing á, tagh, roghnuich.

EXTRACT, *s.* 1. The substance extracted, the chief parts drawn from any thing: as-tharruing, brìgh, sùgh. 2. the chief heads drawn from a book, an abstract, an epitome: giorradan, giorrachadh.

EXTRACTION, *s.* 1. The act of drawing one part out of a compound: as-tharruing, tarruing o. 2. lineage, descent: as-tarruing, tàrmachadh, sloinneadh.

EXTRACTOR, *s.* Fear-tarruing a mach.

EXTRAJUDICIAL, *adj.* Neo-riaghailteach, neo-laghail.

EXTRAJUDICIALLY, *adv.* See Extrajudicial.

EXTRANEOUS, *adj.* Coigreachail, coigreach, coimheach, nach buin do.

EXTRAORDINARILY, *adv.* See Extraordinary.

EXTRAORDINARY, *adj.* 1. Different from common order and method: neo-chumanta, neo-ghnàthach, neo-chleachdach, sònruichte. 2. eminent, remarkable: sònruichte, àraid, anabarrach iongantach.

EXTRAPAROCHIAL, *adj.* A mach as an sgìreachd.

EXTRAVAGANCE, } *s.* 1. Excursion, or sally beyond
EXTRAVAGANCY, } prescribed limits: mi-rìaghailt, dol as an t-slighe. 2. irregularity, wildness: mi-rìaghailt, eas-òrdugh, ana-measarrachd. 3. outrage, violence: mi-rìaghailt, buaireas. 4. waste, vain and superfluous expense: ana-measarrachd, ana-caitheamh, struidhealachd.

EXTRAVAGANT, *adj.* 1. Roving beyond just limits: mi-rìaghailteach, ana-cuimseach. 2. irregular, wild: fiadhaich, mi-rìaghailteach, neo-dhòigheil. 3. wasteful, prodigal: ana-measarra, struidheil, ana-caithteach.

EXTRAVAGANTLY, *adv.* See Extravagant.

EXTRAVAGANTNESS, *s.* Mi-rìaghailteachd, ana-measarrachd, struidhealachd.

EXTREME, *adj.* 1. Greatest, of the highest degree: ro-mhòr, anabarrach. 2. utmost: iomallach, a 's faide muigh. 3. last: deireannach. 4. pressing in the utmost degree: ro-chruaidh. 5. rigorous, strict: cruaidh, teann.

EXTREME, *s.* Iomall, deireadh, ceann thall, crìoch.

EXTREMELY, *adv.* See Extreme, *adj.*

EXTREMITY, *s.* 1. The utmost point, the highest degree: tomhas a 's mò, ceann is faide mach. 2. the utmost parts: crìoch, iomall. 3. the points in the utmost degree of opposition: gnè an aghaidh gnè eile. 4. remotest part: iomall, oir. 5. violence of passion: àirde. 6. the utmost violence, rigour or distress: cruaidh-chas, tinn.

EXTRICATE, *v. a.* Tarruing a mach, saor, fuasgail.

EXTRICATION, *s.* Saoradh, fuasgladh, toirt á amladh.

EXTRINSICAL, } *adj.* Air an leth muigh, neo-aon-
EXTRINSIC, } aichte.

EXTRINSICALLY, *adv.* See Extrinsical.

EXTRUCT, *v. a.* Tog, tog aitreabh.

EXTRUCTOR, *s.* See Builder.

EXTRUDE, *v. a.* Pùc air falbh, tilg a mach, cuir á comunn.

EXTRUSION, *s.* Pùcadh air falbh, tilgeadh a mach.

EXTUBERANCE, *s.* See Protuberance.

EXTUBERANT, *adj*, Ag at.

EXTUBERATE, *v. n.* At suas.

EXUBERANCE, *s.* Cus, mòr-phailteas.

EXUBERANT, *adj.* Pailt, làn, lìonmhor, tarbhach, a' cur thairis.

EXUBERANTLY, *adv.* See Exuberant.

EXUDATION, *s.* 1. The act of emitting in sweat: cur falluis deth. 2. the matter issuing out by sweat from any body: fallus.

EXUDATE, *v. n.* Cuir fallus dhiot.

EXULCERATE, *v. a.* et *n.* 1. Make sore with an ulcer: steinlich, leannaich, eargnaich. 2. afflict, corrode, enrage: cràidh, piàn, eargnaich. 3. become ulcerous: bi aig iongrachadh, leannaich.

EXULCERATE, *adj.* Steinlichte, eargnaichte, air iongrachadh.

EXULCERATION, *s.* Iongrachadh, leannachadh, steinleachadh.

EXULT, *v. n.* Dean uaill, dean aoibhneas, dean gairdeachas, bi rì aighear.

EXULTANCE, } *s.* Uaill, gàirdeachas, aoibhneas, aigh-
EXULTANCY, } ear.
EXULTATION, }

EXUPERABLE, *adj.* So-cheannsachaidh.

EXSUSCITATE, *v. a.* Eirich, dùisg, tog suas.

EXUST, *v. a.* Loisg.

EXUSTION, *s.* Losgadh, cnàmh, no, caitheamh as le teine.

EXUVIAE, *s.* Comhdach a thilgeas creutairean dhiubh aig ceann aimsirean sònruichte.

EYAS, *s.* Isean seabhaig.

EYE, *s.* 1. The organ of vision: sùil, an t-sùil, rosg. 2. sight, ocular knowledge: sealladh, sùil, fradharc. 3. look, countenance: sealladh, gnùis. 4. front, face: aghaidh, gnùis. 5. aspect, regard: sùil, miann, dùrachd. 6. notice, observation: sùil, beachd, faire. 7. opinion formed by observation: sùil, sealladh, beachd, barail. 8. sight, view: sealladh, amharc. 9. any thing formed like an eye: sùil. 10. a small catch into which a hook goes; lùbag udalan. 11. bud of a plant: sùil. 12. a small shade of colour: fiamh, coltas, snuadh. 13. power of perception: sùil, tuigse.

EYE, *v. a.* Beachdaich, faic, seall, cum sùil air, dearc, dearc air.

EYEBALL, *s.* Rinn an ruisg, ubhal na sùla, clach na sùla.

EYEBRIGHT, *s.* Rinn-an-ruisg, lus-nan-leac.

EYEBRIGHTENING, *adj.* A' geurachadh an t-seallaidh.

EYEBROW, *s.* Mala, maladh.

EYED, *adj.* Sùileach.

EYEDROP, *s.* Deur.

EYER, *s.* Fear-coìmheid le geur aire.

EYEGLANCE, *s.* Sealladh, buille shùl.

EYEGLASS, *s.* See Spectacles.

EYELASH, *s.* Fabhradh, rosg.

EYELESS, *adj.* Gun sùilean, dall.

EYELET, *s.* Sùileag, lùbag.

EYELID, *s.* Rosg, fabhra, fabhraidh.

EYEPLEASING, *adj.* Taitneach, ion-mhiannaichte.

EYESALVE, *s.* Sàbh-shùl.

EYESIGHT, *s.* Sealladh, fradharc, léirsinn.

EYESORE, *s.* Culaidh ghràin, gràin shùl, culaidh mhì-thlachd.

EYESPOTTED, *adj.* Sùileagach, breac-shuileach.

EYETOOTH, *s.* Crìochadair.

EYEWINK, *s.* Smèideadh, priobadh, caogadh.

EYEWITNESS, *s.* Fianuis shùl.

EYRE, *s.* Cùirt ceartais, mòd ceartais.

EYRY, *s.* Nead seabhaig, no, iolaire, no, eòin fhiadhaich sam bith.

FABACEOUS, *adj.* Pònaireach.

FABLE, *s.* 1. A feigned story intended to enforce some moral precept: uirsgeul, sgeul, cosmhuileachd. 2. a fiction in general: uirsgeul, sgeulachd. 3. a vicious or foolish fiction: sgeulachd, faoin-sgeul. 4. the series or contexture of events which constitute a poem epic or dramatic: uirsgeul, sgeulachd. 5. a lie: breug, faoin-sgeul.

FABLE, *v. a.* et *n.* 1. Feign, tell falsely: innis breugan, aithris. 2. feign, write not truth but fiction: dean uirsgeul, innis sgeulachd. 3. tell falsehoods: innis breugan, labhair faoin-sgeul.

FABLED, *adj.* Ainmeil an sgeulachd, iomraideach an uirsgeulan.

FABLER, *s.* Sgeulaiche, uirsgeulaich, fear-fhaoin-sgeul.

FABRIC, *s.* Togail, aitreabh, tigh.

FABRIC, *v. a.* Tog, comh-thog, dealbh.

FABRICATE, *v. a.* Tog, dealbh, comh-thog.

FABRICATION, *s.* Togail, dealbh, deanamh suas.

FABRICATOR, *s.* Fear-togail, fear-deilbh.

FABRILE, *adj.* A bhuineas do chèaird.

FABULIST, *s.* Sgeulaiche, uirsgeulaich.

FABULOUS, *adj.* Uirsgeulach, sgeulach, faoin-sgeulach, breugach.

FABULOUSLY, *adv.* See Fabulous.

FABULOUSNESS, *s.* Faoin-sgeulachd.

Forage, *v. a.* et *n.* 1. Plunder, spoil: spùill, spùinn, creach. 2. wander in search of spoil: bi trusadh lòin, iarr cobhartach, solair. 3. ravage, feed on spoil: fuilich, dean cobhartach.

Forage, *s.* 1. Search of provisions: solarachadh, ionaltradh, sireadh lòin. 2. provisions sought abroad, or provisions in general: biadh, lòn, innlinn, solar.

Forager, *s.* 1. One who wanders in search of spoil: spùinneadair, spùilleadair. 2. a provider of food: fear solair lòin, trusaiche.

Foraminous, *adj.* Tolltach, làn tholl.

Forbear, *v. a.* et *n.* 1. Decline, avoid voluntarily: seachain, ob. 2. abstain from, shun to do: fuirich o, ob. 3. spare, treat with clemency: giùlain le, caomhain, fulaing, leig le. 4. withhold: sguir, leig dhiot. 5. cease from any thing, intermit: sguir, leig seachad, leig dhiot. 6. pause, delay: stad, dean maille. 7. forbear voluntarily: leig dhiot, leig thairis. 8. restrain any violence of temper: fulaing, caisg.

Forbearance, *s.* 1. The care of avoiding or shunning any thing: seachnadh, obadh. 2. intermission of something: leigeadh seachad, sgur, stad. 3. command of temper: fad-fhulangas, foighidinn, deadh mhèinn. 4. lenity, delay of punishment: fad-fhulangas, foighidinn, deadh-mhèinn, caomhalachd, bàigh.

Forbid, *v. a.* et *n.* 1. Prohibit, interdict any thing: seun, toirmisg. 2. command to forbear any thing: seam, bac, toirmisg. 3. oppose, hinder: bac, caisg, cum air ais. 4. utter a prohibition: toirmisg. 5. God forbid: nar leigeadh Dia.

Forbiddance, *s.* Toirmeasg, bacadh.
Forbidden, *part.* Toirmisgte, neo-cheadaichte, neo-laghail.
Forbiddenly, *adv.* See Forbidden.
Forbidding, *adj.* Daochail, sgreamhail, sgreataidh.
Forbidding, *s.* Toirmeasg, bacadh, diùltadh.
Force, *s.* 1. Strength, vigour, might: neart, spionnadh, cumhachd, lùth. 2. violence: ainneart, fòirneart, treis. 3. virtue, efficacy: éifeachd, tàbhachd, feart, brìgh, subhailc. 4. validness, power of law: làidireachd, seasmhachd. 5. armament, warlike preparation: armailt, feachd. 6. destiny, necessity: éiginn.
Force, *v. a.* et *n.* 1. Compel, constrain: éignich, coimh-éignich, thoir air farraich, fairtlich, thoir a dh' aindeon. 9. overpower by strength: fairtlich, thoir air, coimh-éignich, gnàthaich ainneart. 3. impel, press: spàrr, teannaich. 4. enforce, urge: spàrr, cuir mar fhiachaibh. 5. drive by violence or power: coisinn, buadhaich. 7. storm: cuir séisd ri. 8. ravish: éignich. 9. man, strengthen by soldiers: neartaich, dean làidir. 10. stuff: dinn. 11. bring forward precipitately: cuir thuige, luathaich fàs. 12. extort: tarruing o, spìon. 13. endeavour: oidhirpich, feuch ri. 14. use violence: cleachd ainneart.
Forcedly, *adv.* Gu h-aindeonach, air éigin.
Forceful, *adj.* Làidir, treun, cumhachdach.
Forcefully, *adv.* See Forceful.
Forceless, *adj.* Lag, anfhann, gun chlì.
Forceps, *s.* Turcais, clobha léigh.
Forcer, *s.* 1. A compeller: fear-coimh-éigneachidh, fear-foirneirt. 2. that which forces or drives: fairche.
Forcible, *adj.* 1. Strong, mighty: làidir, cumhachdach, neartmhor. 2. violent, impetuous: dian, bras. 3. efficacious, active: éifeachdach, tàbhachdach, cumhachdach, brìoghmhor. 4. prevalent, of great influence: brìoghmhor, cudthromach drùighteach. 5. done by force: aindeonach, éigneach. 6. valid, binding: cumhachdach, ceangaltach.
Forcibleness, *s.* Cumhachd, neartmhorachd, éifeachd, brìoghmhorachd.
Forcibly, *adv.* See Forcible.
Forcing, *s.* 1. The act of urging or enforcing: sparradh, cur mar fhiachaibh. 2. compulsion: éigneachadh, coimh-éigneachadh.
Ford, *s.* Àth, faoghail.
Ford, *v. a.* Rach thar àth, theirig thar an amhainn.
Fordable, *adj.* Tana, eu-domhain.
Fordo, *v. a.* Claoidh, cìosnaich, sgìthich.
Fore, *adj.* } Air thùs, air toiseach, roimh. *Fore and*
Fore, *adv.* } *aft:* o thoiseach gu deireadh na luinge.
Foreadvise, *v. a.* Roimh-chomhairlich.
Foreappoint, *v. n.* Òrduich roimh làimh, roimh-òrduich.
Forearm, *v. a.* Armaich roimh-làimh.
Forebode, *v. n.* 1. Prognosticate, foretell: roimh-innis, innis roimh-làimh, targair, cuir air mhanadh, fàisnich. 2. foreknow: bi fiosrach roimh làimh, aithnich roimh làimh, roimh-aithnich.
Foreboder, *s.* Fàisniche, fàidhe, fear-targraidh.
Foreboding, *s.* Fàisneachd, targradh, cur air mhanadh.
Foreby, *prep.* Teann air làimh, dlùth.
Forecast, *v. a.* et *n.* 1. Scheme, plan before execution: dealbh, tionnsgain. 2. adjust, contrive antecedently: cuir air dòigh roimh-làimh, uidheamaich. 3. foresee, provide against: faic roimh-làimh, deasaich air son, uidheamaich. 4. form schemes: dealbh, suidhich innleachd.
Forecast, *s.* Uidheamachadh, deasachadh, seòladh, innleachd, dealbh, tionnsgal.
Forecaster, *s.* Fear-tionnsgnaidh.
Forecastle, *s.* Toiseach luinge.
Forechosen, *part.* Roimh-thaghta, roimh-roighnuichte.
Forecited, *part.* Roimh-ainmichte.
Foreclose, *v. a.* Dùin, druid a stigh, bac.
Foredesign, *v. a.* Tionnsgain roimh-làimh, rùnaich, no, suidhich roimh-làimh.
Foredoom, *v. a.* See Predestinate.
Foredoor, *s.* Far-dorus.
Foreend, *s.* An ceann toisich.
Forefather, *s.* Seanair, sinnsear, aon d' ar n ath raichean.
Forefend, *v. a.* 1. Prohibit, avert: bac, cum air falbh, toirmisg. 2. provide for, secure: ullaich, deasaich.
Forefinger, *s.* Corrag, colgag.
Forefoot, *s.* Cas thoisich.
Forefront, *s.* Agaidh, aodann, uchd toisich, beulthaobh.
Forego, *v. a.* 1. Quit, give up, resign: dealaich, cuir dhiot, cùitich, tréig, fàg, dìobair. 2. go before, be past: falbh air thoiseach.
Foregoer, *s.* 1. Ancestor, progenitor: athair, sinnsear. 2. one who goes before another: fear dol air thoiseach. 3. a forsaker, a quitter: fear-tréigsinn, fear-dìobairt.
Foreground, *s.* Réidhlean beulthaoibh.
Forehand, *adj.* Roimh-làimh.
Forehanded, *adj.* Tìmeil, tràthail, amail.
Forehead, *s.* 1. That part of the face which reaches from the eyes upwards to the hair: clàr-aodainn, bathais. 2. impudence: bathais, ladarnas, dànadas.
Foreign, *adj.* 1. Not of this country, not domestic: coigreachail, coimheach, gallda. 2. alien, remote: coigreachail, céin thireach, coimheach, gallda. 3. excluded, held at a distance: coigreachail, an taobh a muigh. 4. extraneous, adventitious in general: coigreachail, gun bhuntuinn ri.
Foreigner, *s.* Coimheach, allmharach, coigreach, eil-thireach, gall, deòradh.
Foreignness, *s.* Coimheachas.
Forejudge, *v. a.* See Prejudge.
Forejudgment, *s.* Breth luath lochdach.
Foreknow, *v. a.* Roimh-aithnich.
Foreknowledge, *s.* Roimh-eòlas, roimh-fhiosrachadh, roimh-aithne, roimh-aithneachadh.
Foreland, *s.* Rudha, roinn, àird, ceann-tìre, sròn.
Forelay, *v. a.* 1. Lay wait for: luidh am plaid,

dean plaid-luidhe, leag lìon air son. 2. contrive antecedently, prevent: bac, tionndaidh air falbh.

FORELOCK, *s.* Dosan, ciabhag.

FOREMAN, *s.* Fear amhairc thairis, fear-sùl.

FOREMAST, *s.* Crann-toisich.

FOREMENTIONED, *adj.* Roimh-ainmichte, a thubhradh roimhe.

FOREMOST, *adj.* Prìomh, air thoiseach, air thùs.

FORENAMED, *adj.* Roimh-ainmichte.

FORENOON, *s.* Maduinn, roimh mheadhon-latha, roimh-eadradh.

FORENOTICE, *s.* Sanas, rabhadh, roimh-fhios, faireachadh.

FORENSIC, *adj.* Mòdach, a bhuineas do chùirt lagha.

FOREORDAIN, *v. a.* Roimh-òrduich, roimh-shònruich, òrduich roimh-làimh, rùnaich.

FOREORDINATION, *s.* Roimh-òrduchadh, roimh-shònruchadh.

FOREPART, *s.* 1. The part first in time: toiseach, ceud chuid. 2. the part anterior in place: beul-aobh, beul-thaobh, aghaidh.

FOREPOSSESSED, *adj.* Roimh-shealbhaichte, sealbhaichte roimh làimh.

FOREPROMISED, *adj.* Geallta roimh-làimh.

FORERANK, *s.* Sreath thoisich, ceud sreath.

FORERECITED, *adj.* Roimh-ainmichte, a thubhradh roimhe.

FORERUN, *v. a.* 1. Come before as an earnest of something following: rach roimhe, thig air thoiseach. 2. precede, have the start of: ruith roimhe.

FORERUNNER, *s.* 1. An harbinger: roimh-ruithfhear, roimh-theachdair. 2. an ancestor, a predecessor: athair, sinnsear. 3. a prognostic: sanas, rabhadh, comharradh.

FORESAID, *adj.* Roimh-ainmichte.

FORESAIL, *s.* Seòl toisich.

FORESAY, *v. a.* Roimh-innis, fàisnich.

FORESAYING, *s.* Roimh-innseadh, fàisneachd, roimh-aisneis.

FORESEE, *v. a.* Faic roimh-làimh.

FORESEER, *s.* See Seer.

FORESHIN, *v. a.* Targair, roimh-aithris, roimh-sheall, roimh-innis.

FORESHIP, *s.* Toiseach luinge.

FORESHORTEN, *v. a.* Giorraich, geàrr dheth.

FORESHOW, *v. a.* See Foreshew.

FORESIGHT, *s.* 1. Prescience, foreknowledge: roimh-shealladh, roimh-eòlas, roimh-aithne, roimh-fhios. 2. provident, care of futurity: roimh-shealladh, roimh-fheuchainn.

FORESIGHTFUL, *adj.* Roimh-sheallach.

FORESIGNIFY, *v. a.* See Typify.

FORESKIN, *s.* Roimh-chroicionn.

FORESKIRT, *s.* Roimh-sgòid.

FORESLOW, *v. a.* et *n.* 1. Delay, hinder: bac, amail, maillich. 3. neglect, omit: leig seachad. 3. bi dilatory, loiter: màirnealaich, bi seamsanach.

FORESPEECH, *s.* Roimh-ràdh.

FORESPENT, *adj.* 1. Past: air dol seachad. 2. bestowed before: builichte. 3. wasted, tired, spent: sgìth, claoidhte, air toirt thairis.

FOREST, *s.* Frìdh, coille, fàsach.

FORESTALL, *v. a.* 1. Anticipate, take up before hand: glach roimh làimh, tog roimh làimh. 2. gain possession of before another: gabh seilbh thràthail, gabh seilbh roimh làimh, ceannaich a suas roimh làimh.

FORESTALLER, *s.* Fear-millidh margaidh.

FORESTER, *s.* Fòrsair, fear-gleidhidh frìdhe, peithir.

FORETASTE, *v. a.* Roimh-bhlais, blais roimh làimh.

FORETASTE, *s.* Roimh-bhlas, roimh-bhlasad.

FORETELL, *v. a.* et *n.* 1. Predict, prophecy: fàisnich, targair. 2. foretoken, foreshow: roimh-aithris, roimh-innis. 3. utter prophecy: roimh-innis, dean fàisneachd.

FORETELLER, *s.* Fàidh, fiosaiche.

FORETELLING, *s.* Roimh-aithris, roimh-innseadh, fàisneachd.

FORETHINK, *v. a.* et *n.* 1. Have prescience of: roimh-smaoinich, roimh-bheachdaich. 2. contrive antecedently: roimh-sheall, dealbh, tionnsgain. 3. contrive before hand: dealbh, tionnsgain.

FORETHOUGHT, *s.* 1. Prescience: roimh-smaoin, roimh-fhios, roimh-bheachd. 2. provident care: roimh-shealltuinn, roimh-shealladh, èarlas.

FORETOKEN, *s.* Comharradh, sanas, rabhadh.

FORETOOTH, *s.* Clàrag, fiacaill doruis beòil.

FORETOP, *s.* Dos mullaich, binnean.

FOREVOUCHED, *adj.* Roimh-ràdhta, air a chur an céill a cheana.

FOREWARD, *s.* Toiseach, aghaidh.

FOREWARN, *v. a.* Roimh-innis, earalaich, cuir air earalas, cuir air fhaicill, thoir rabhadh, no, sanas.

FOREWORN, *part.* Sgìthichte, claoidhte, caithte.

FORFEIT, *s.* Ùmhladh.

FORFEIT, *v. a.* Arbhartaich, cuir á còir, caill.

FORFEIT, *adj.* Arbhartaichte.

FORFEITER, *s.* Arbhartach.

FORFEITURE, *s.* 1. The act of forfeiting: arbhartachadh. 2. the thing forfeited, a mulct, a fine: ùmhladh.

FORGE, *s.* Ceàrdach, teallach, suacan.

FORGE, *v. a.* 1. Form by the hammer: cum, dealbh, dean gaoibhneachd. 2. make by any means: cum, dealbh. 3. counterfeit, falsify: dealbh gu fallsa, cùinn gu h-ain-riochdail, cùinn.

FORGER, *s.* 1. One who makes or forms: fear-dealbh, fear-cùinnidh. 2. a falsifier: fear-droch-cùinnidh.

FORGERY, *s.* 1. The crime of falsification: dealbhadh mealltach, breug làmh-dhèanta. 2. smith's work: goibhneachd.

FORGET, *v. a.* Dì-chuimhnich, dearmaid, leig air dì-chuimhne.

FORGETFUL, *adj.* 1. Not retaining the memory of: di-chuimhneach, dearmadach. 2. oblivious: di-chuimhneach, dearmadach, a' deanamh dì-chuimhneach. 3. inattentive, neglectful: dì-chuimhneach, dearmadach, neo-chùramach, neo-shuimeil, neo-aireach.

FORGETFULNESS, *s.* 1. Oblivion: dì-chuimhne, dearmad. 2. negligence, inattention: neo-shuim, mi-chùram.

FORGETTER, *s.* Fear dì-chuimhneach, fear-dearmadach.

FORGETTING, *s.* Dì-chuimhneachadh.

FORGIVE, *v. a.* 1. Pardon a person, or crime: maith, logh, thoir maitheanas. 2. remit a debt or penalty: maith.

FORGIVENESS, *s.* 1. The act of forgiving: maitheadh, loghadh. 2. pardon of an offender, or of an offence: maitheanas, loghadh. 3. tenderness, willingness to forgive: truacantachd, acarachd. 4. remission of a fine: maitheadh, loghadh.

FORGIVER, *s.* Fear-maithidh.

FORGOTTEN, *part.* Air a dhì-chuimneachadh, dì-chuimhnichte.

FORK, *s.* 1. An instrument divided at the end into two or more prongs: forc, gobhal, gobhlag. 2. a point: roinn, stob. 3. a gibbet: croich.

FORK, *v. n.* Fàs gobhlach, cuir a mach dias.

FORKED, *adj.* Gobhlach, forcach, gobhlanach.

FORKEDLY, *adv.* See Forked.

FORKHEAD, *s.* Roinn saighde.

FORKTAILED, *adj.* Eàrr-ghobhlach.

FORKY, *adj.* Gobhlach, forcach.

FORLORN, *adj.* 1. Deserted, destitute, forsaken, helpless: aonaranach, tréigte, truagh, uirbheasach. 2. small, despicable: crion, meuranta, dìblidh.

FORLORN, *s.* Aonaran, deòiridh.

FORLORNNESS, *s.* Aonarachd, truaighe, bochdainn, uirbheasachd.

FORM, *s.* 1. Shape: cumadh, dreach, dealbh, cruth. 2. being, as modified by a particular shape: cruth, aogas, riochd. 3. particular model or modification: cumadh, dòigh. 4. beauty, elegance: maise, sgèimh. 5. regularity, method, order: rian, dòigh, seòl, òrdugh. 6. empty show: fasan, cleachdadh. 7. ceremony, external rights: modh, fasan, nòs, fuirm. 8. stated method, established practice: fuirm, dòigh, seòl gnàthaichte. 9. a long seat: furm, àite suidhe, langasaid. 10. a class, a rank of students: sreath, sreud. 11. the seat or bed of a hare: leaba.

FORM, *v. a.* et *n.* 1. Make out of materials: cruthaich, dealbh. 2. model to a particular shape: cum, dealbh, dreach. 3. scheme, plan: dealbh, tionnsgain. 4. arrange: eagaraich, cuir an òrdugh. 5. adjust, settle: suidhich, socraich. 6. take any particular form: rach an òrdugh.

FORMAL, *adj.* 1. Ceremonious: riaghailteach, deas-ghnàthach, dòigheil, nòsach. 2. done according to established rules and methods: dòigheil, rianail, riaghailteach puncail. 3. external: a ṙéir fuirm, folluiseach. 4. depending upon custom: cleachdach, nòsail. 5. retaining its proper and essential characteristic: fìor.

FORMALIST, *s.* Fear deas-ghnàthach.

FORMALITY, *s.* 1. Ceremony: deas-ghnàth, modh, dòigh. 2. solemn order, method, mode: òrdugh, rian, dòigh, puncalachd, seòl. 3. external appearance: coltas, samhladh. 4. essence: gnè, nàdur.

FORMALIZE, *v. n.* Bi deas-ghnàthach, bi nòsail.

FORMALLY, *adv.* See Formal.

FORMATION, *s.* Cumadh, dealbh, cruthachadh, dèanamh.

FORMER, *s.* Fear-cumaidh, cumadair.

FORMER, *adj.* 1. Before another, in time: ṙoimhe. 2. mentioned before another: ṙoimh-ainmichte. 3. past: seachad, a chaidh seachad.

FORMERLY, *adv.* Ṙoimhe, 's an àm a chaidh seachad, o shean, ṙoimhe so.

FORMIDABLE, *adj.* Eagalach, uamhasach, fuathasach, cunnartach, deacair.

FORMIDABLENESS, *s.* Uamhasachd, cunnart, fuathas, deacaireachd.

FORMIDABLY, *adv.* See Formidable.

FORMLESS, *adj.* Gun dealbh, gun chumadh, gun chruth, gun dreach.

FORMULA, *s.* Riaghailt, riaghailt shuidhichte.

FORMULARY, *s.* Leabhar ṙiaghailtean.

FORNICATE, *v. n.* Dean strìopachas, bi neo-gheamnuidh.

FORINCATION, *s.* Strìopachas, diolanas, neo-ghloine, baois, siùrsachd.

FORNICATOR, *s.* Fear-strìopachais, drùiscar, fear neo-ghloine.

FORNICATRESS, *s.* Strìopach, siùrsach, bean dìolain.

FORSAKE, *v. a.* Tréig, fàg, dìobair, cuir cùl ṙi, dealaich ṙi.

FORSAKER, *s.* Fear-tréigsinn, fear fàgail.

FORSAKING, *s.* Tréigsinn, fàgail, tuiteam air falbh.

FORSOOTH, *adv.* Gu fìrinneach, gu dearbh, gu cinnteach.

FORSWEAR, *v. a.* et *n.* 1. Renounce upon oath: tréig fuidh mhionnaibh, cuir cùl ṙi. 2. deny upon oath: àicheidh air mhionnan. 3. commit perjury: thoir mionnan eithich, thoir an t-eitheach.

FORSWEARER, *s.* Fear thug an t-eitheach.

FORT, *s.* 1. A fortified house, a castle: daingneach, dùn, tùr, dìon, dìdean. 2. a strong side in opposition to foible: daingneach, treis, neart.

FORTH, *adv.* 1. Forward, onward in time: a mach, o so suas. 2. forward in place or order: air aghairt. 3. abroad: a muigh, a mach. 4. out, into a public character: a làthair, a mach. 5. away, go forth: a mach, air falbh.

FORTH, *prep.* A mach as.

FORTHCOMING, *adj.* A làthair, a' teachd am folluis.

FORTHRIGHT, *s.* Rathad dìreach.

FORTHWITH, *adv.* An ceart uair, gun dàil, gun mhoille, air a' mhionaid.

FORTIETH, *adj.* Dà fhicheadamh.

FORTIFIABLE, *adj.* So-dhìonaidh, so-dhèanaimh, làidir.

FORTIFICATION, *s.* 1. The science of military architecture: eòlas-daingneachd. 2. a place built for strength: dìdean, daingneach, dìon, dùn, tùr.

FORTIFIER, *s.* Fear-dìonaidh.

FORTIFY, *v. a.* 1. Strengthen against attacks by walls, or works: dìon, daingnich, dìdinn. 2. confirm, encourage: neartaich, misnich, dean làidir.

FORTITUDE, *s.* Misneach, cruadal, treuntas, neart, gaisge.

FORTLET, *s.* Dùnan, daingneach beag.

FORTNIGHT, *s.* Ceithir latha deug, ceithir-là-deug.

FORTRESS, *s.* Daingneach, dìdean, dìon, tùr, dùn.

FORTUITOUS, *adj.* Tuiteamach, air thuiteamas.

FORTUITOUSLY, *adv.* See Fortuitous.

Fortuitousness, *s.* Tuiteamas, tachartas, cinneamhuin.

Fortunate, *adj.* Fortanach, sealbhach, sona, seamhasach, seamhsail, àghmhor.

Fortunately, *adv.* See Fortunate.

Fortunateness, *s.* Àghmhorachd, sealbhachd, sonas.

Fortune, *s.* 1. The power supposed to distribute the lots of life according to her humour: fortan, sealbh, àgh. 2. the good or ill that befals man: fortan, crannchur. 3. estate, possessions: seilbh oighreachd, saoibhreas. 4. the portion of a man or woman: cuid, tochradh. 5. futurity, future events: fortan.

Fortune, *v. n.* Tuit a mach, tachair, thig gu crìch.

Fortunebook, *s.* Leabhar innse 'n fhortain.

Fortunehunter, *s.* Fear-tòir air tochradh.

Fortuneless. *adj.* Gun tochradh.

Fortuneteller, *s.* Fiosaiche, deàrnadair.

Forty, *adj.* Dà fhichead.

Forum, *s.* Tigh-coinneimh.

Forward, *adv.* Air aghart, a dh' ionnsuidh.

Forward, *adj.* 1. Warm, earnest, not backward: dian, dùrachdach, iarratach. 2. ardent, eager, hot: dian, dealasach, teth, cas, bras. 3. ready, confident: grad, obann, ceann-làidir, muinghinneach. 4. not reserved, not over modest: beadaidh, bathaiseach. 5. premature, early ripe: luath, tràthail. 6. quick, ready, hasty: grad, ealamh, cabhagach, bras. 7. antecedent: air toiseach. 8. not behind-hand: adhartach.

Forward, *v. a.* 1. Hasten quicken: greas, luathaich, cuir air aghart, deifrich. 2. patronize, advance: cuir air aghart, cuidich.

Forwardly, *adv.* See Forward, *adj.*

Forwardness, *s.* 1. Eagerness, ardour: togarrachd, déine, dùrachd. 2. quickness, readiness: ealamhachd ullamhachd, déine, braise. 3. earliness: tràthachd, luaths. 4. confidence, want of modesty: dànadas, ladarnas, bathais.

Foss, *s.* Dìg, staing, clais.

Fossile, *adj.* Tochailteach.

Fossile. *s.* Tochailt.

Fossilist, *s.* Tochailiche.

Foster, *v. a.* et *n.* 1. Nurse, feed, support: altrum, àraich, beathaich, àlaich, tog suas. 2. pamper, encourage: eiridinn, eiridnich, altrum. 3. cherish, forward: eiridnich, luathaich, cuir air aghart. 4. be nursed togethar: altrum maraon.

Fosterage, *s.* Altrumas, ban-altrumachd, macaladh.

Fosterbrother, *s.* Comhalta, comh-dhalta.

Fosterchild, *s.* Dalta, leanabh altruim.

Fosterdam, *s.* Ban-altrum, muime.

Fosterer, *s.* 1. A nurse: banaltrum, muime. 2. an encourager, a forwarder: fear-eiridinn.

Fosterfather, *s.* Oide, oid' altruim.

Fostering, *s.* Altrum, beathachadh, eiridinn, macaladh.

Fosterling, *s.* See Fosterchild.

Fostermother, *s.* Banaltrum, muime.

Fosterson, *s.* Dalta.

Foul, *adj.* 1. Filthy, dirty, miry: salach, mosach, làbanach. 2. impure, polluted: neo-ghlan, truaillidh. 3. wicked, detestable: aingidh, neo-ghlan, gràineil, déistinneach. 4. not lawful: neo-laghail, neo-dhìreach. 5. hateful, ugly, loathsome: daochail, déistinneach, duaichnidh. 6. disgraceful: tàmailteach, maslach, nàr. 7. coarse, gross: tiugh, garbh. 8. full of gross humours: salach, mosach. 9. not bright, not serene: dorch, neulach, drabhasach.

Foul, *v. a.* Salaich, duaichnich, sgiot, spliut.

Foulfaced, *adj.* Gràndа, duaichnidh, neo-bhòidheach.

Foully, *adv.* See Foul, *adj.*

Foulmouthed, *adj.* Droch-bheulach, droch-labhrach, sgaiteach, sglamhruinneach.

Foulness, *s.* 1. Filthiness: salchar, neo-ghloine, mosaiche. 2. pollution, impurity: neo-ghloine, truaillidheachd, gràinealachd. 3. hatefulness, atrociousness: déistinn, déisinn, daochalachd. 4. ugliness, deformity: gràinde, duaichnidheachd. 5. dishonesty, want of candour: neo-ghloine làmh, midhìlseachd.

Foumart, *s.* Feòcullan.

Found, *v. a.* 1. Lay the basis of any building: stéidhich, bunaich, leag bunait, suidhich. 2. build, raise: tog, tog air, cuir air chois. 3. establish, erect: suidhich, tog suas. 4. give birth or original to: tàrmaich, tòisich. 5. raise upon: tog air. 7. fix, firm: suidhich, socraich. 7. cast: tilg, leagh.

Foundation, *s.* 1. The basis or lower part of an edifice: stéidh, bunait, bunachar, bunachas, bun, ìochdar. 2. the act of fixing the basis: stéidheachadh, suidheachadh, bunachadh. 3. the principle, or ground on which any motion is laid: bun, stéidh, bonn. 4. original, rise: tùs, toiseach, suidheachadh. 5. establishment, settlement: teachd a steach.

Founder, *s.* 1. A builder: fear-togail. 2. one who establishes a revenue for any purpose: fear suidheachaidh airgid. 3. one who from any thing has its original or beginning: fear-tàrmachaidh. 4. a caster: leaghadair.

Founder, *v. a.* et *n.* 1. Cause soreness in a horse's foot: dean bacach, dean crùbach. 2. sink to the bottom: theirig fodha. 3. fail, miscarry: fàillinnich. 4. trip, fall: tuit, caill do chasan, tuislich.

Foundery, *s.* Ceàrdach, tigh-leaghaidh.

Foundling, *s.* Faodailiche, faodalach.

Foundress, *s.* Bean-stéidheachaidh.

Fount, } *s.* 1. A well, a spring: tobar, fuaran,
Fountain, } fior-uisg. 2. a jet, a spout of water: fuaran, spùtan. 3. the head or first spring of a river: màthair uisge, tobar. 4. original, first principle: màthair-aobhair, toiseach, bun.

Fountainhead, *s.* Tùs, bun, grunnd.

Fountful, *adj.* Fuaranach.

Four, *adj.* Ceithir.

Fourfold, *adj.* Ceithir-fillteach, ceithir-fillte.

Fourfooted, *adj.* Ceithir-chasach, ceithir-chosach.

Fourscore, *adj.* Ceithir-fichead.

Foursquare, *adj.* Ceithir-cheàrnach.

FOURTEEN, *adj.* Ceithir-deug.
FOURTEENTH, *adj.* Ceathramh-deug.
FOURTH, *adj.* Ceathramh.
FOURTHLY, *adv.* 'S a cheathramh àite
FOURWHEELED, *adj.* Ceithir-rothach.
FOWL, *s.* Eun, ian.
FOWL, *v. n.* Eunaich, marb eòin.
FOWLER, *s.* Eunadair.
FOWLING, *s.* Eunach.
FOWLINGPIECE, *s.* Gun' eunaich.
FOX, *s.* Sionnach, balgair, madadh ruadh, gille-màrtuinn.
FOXCASE, *s.* Bian-sionnaich.
FOXCHASE, *s.* Faoghaid, ruaig sionnaich.
FOXGLOVE, *s.* Meuran nan cailleach marbh, lus-nam-ban-sìth.
FOXHOUND, *s.* Tollair.
FOXHUNTER, *s.* Brocair, sealgair shionnach.
FOXISH, FOXLIKE, FOXLY, *adj.* Carach, seòlta, cuilbheartach.
FOXSHIP, *s.* Carachd, cuilbheart, seòltachd.
FOXTRAP, *s.* Painntear sionnaich.
FOXY, *adj.* See Foxly.
FOY, *s.* Cuirm, fleadh, féisd.
FRACTION, *s.* 1. The act of breaking, or the state of being broken: bristeadh. 2. a broken part of an integral: mir, roinn, earrann, bloigh.
FRACTIONAL, *adj.* Bristeach.
FRACTIOUS, *adj.* Crosda, dreamlainneach, dreanganach.
FRACTURE, *s.* Bristeadh, bloighdeachadh.
FRACTURE, *v. a.* Bris, bloighdich.
FRAGILE, *adj.* 1. Brittle: brisg, brisdeach, lag. 2. weak, easily destroyed: lag, anfhann, breòite, so-bhrisidh.
FRAGILITY, *s.* 1. Brittleness: brisgead, breòiteachd. 2. weakness: laigse, anmhuinneachd, breòiteachd. 3. frailty, liableness to a fault: laigse, anmhuinneachd.
FRAGMENT, *s.* Bloigh, mìr, sgealb, earrann, crioman, brusg, fuighleach, spruilleach.
FRAGOR, *s.* Bragh, fuaim.
FRAGRANCE, FRAGRANCY, *s.* Cùbhraidheachd, deadh bholadh.
FRAGRANT, *adj.* Cùbhraidh.
FRAGRANTLY, *adv.* See Fragrant.
FRAIL, *adj.* 1. Weak, easily decaying: lag, breòite, anmhunn, fann, gun treòir. 2. weak of resolution: lag, neo-sheasmhach, so-ghéillidh, so-lùbaidh.
FRAILTY, *s.* 1. Weakness of resolution: laigse, neo-sheasmhachd, breòiteachd, lag-bheartachd, lag-chuiseachd. 2. fault proceeding from weakness: laigse, laigsinn, anmhuinneachd, lag-bheartachd.
FRAME, *v. a.* et *n.* 1. Form by union of various parts: dealbh, cum, tionnsgain, cruthaich, dean. 2. fit one to another: cum, dean comh-fhreagarrach. 3. make, compose: dean, coimh-dhèan. 4. regulate, adjust: cum, riaghailtich. 5. form and digest by thought: tionnsgain, suidhich. 6. contrive, plan: dealbh, tionnsgain. 7. contrive: dean, cuir ri chéile.
FRAME, *s.* 1. A fabric, any thing constructed of various parts and members: aitreabh, togail, cruthachadh. 2. any thing made so as to admit something else: leaba, ionad suidheachaidh. 3. order, regularity: eagar, dòigh, riaghailt. 4. scheme, order: dealbh, innleachd, tionnsgal. 5. contrivance, projection: dealbh, tionnsgal, innleachd, beart. 6. shape, form, proportion: cumadh, dealbh, dreach, cruth.
FRAMER, *s*, Cumadair, fear-deilbh.
FRAMING, *s.* Aonadh, cur ri cheile.
FRANCHISE, *s.* 1. Exemption from any onerous duty: saorsa. 2. privilege, immunity: saorsa, còir, saorsachd. 3. district: sioramachd.
FRANCHISE, *v. a.* 1. Enfranchise: saor, dean saor. 2. possess a right or privilege: thoir còir do.
FRANCHISEMENT, *s.* Saorsa.
FRANGIBLE, *adj.* See Fragile.
FRANK, *adj.* 1. Liberal, generous: faoilidh, furanach, fialaidh. 2. open, ingenuous, sincere: fosgailte, saor, soilleir, neo-chealgach. 3. without payment: saor. 4. fatted, in good condition: reamhar, làn.
FRANK, *s.* 1. A sty: fail-mhuc. 2. a letter which pays no postage: litir shaor. 3. a French coin: bonn Francach dheich sgillinn.
FRANK, *v. a.* 1. Shut up in a frank or sty: cuir am fail, dùin am fail. 2. feed high, fat: biadh, dean reamhar. 3. exempt letters from postage: saor litir, dean saor litir.
FRANKINCENSE, *s.* Tùis.
FRANKISH, *adj.* Francach.
FRANKLIN, *s.* See Steward.
FRANKLY, *adv.* See Frank.
FRANKNESS, *s.* 1. Plainness of speech: saorsa, fosgailteachd. 2. liberality, bounteousness: fialachd, faoilidheachd, fiùghantachd. 3. freedom from reserve: saorsa, fosgailteachd.
FRANKPLEDGE, *s.* Urras saoranaich.
FRANTIC, *adj.* 1. Mad, outrageously and turbulently mad: air boile, air a' chuthach, mearanach. 2. outrageous, turbulent: feargach, buaireasach, air bàinidh. 3. simply mad: mearanach, mi-chéillidh.
FRANTICLY, *adv.* See Frantic.
FRANTICNESS, *s.* Cuthach, mi-chéill, bàinidh, mearan.
FRATERNAL, *adj.* Bràthaireil.
FRATERNALLY, *adv.* See Fraternal.
FRATERNITY, *s.* 1. The state or quality of a brother: bràithreachas. 2. body of men united, or men of the same class: bràithreachas, comunn.
FRATRICIDE, *s.* 1. The murder of a brother: mort bràthar, marbhadh bràthar. 2. one who kills a brother: marbhaiche bràthar.
FRAUD, *s.* 1. Deceit, cheat, trick: cealg, feall, foill, mi-chleas, mealltaireachd, cuilbheart. 2. misfortune, damage: call, dìobhail, dosgainn.
FRAUDFUL, *adj.* Carach, cealgach, fealltach, foilleil, mi-chleasach, meallta.
FRAUDFULLY, *adv.* See Fraudful.
FRAUDULENCE, FRAUDULENCY, *s.* Mealltaireachd, cealgaireachd.

FRAUDULENT, *adj.* Cealgach, cuilbheartach, feallt-ach, foilleil, carach, mi-onorach, eas-ionraic.
FRAUDULENTLY, *adv.* See Fraudulent.
FRAUGHT, *part.* Luchdaichte, làn.
FRAUGHT, *s.* See Freight, *s.*
FRAUGHT, *v. a.* Lìon, luchdaich.
FRAY, *s.* 1. A battle, a fight: cath, còmhrag, sab-aid. 2. a duel, a combat: còmhlan, còmhrag. 3. a broil, a quarrel: aimhreit, iorghuill, caonnag, buaireas.
FRAY, *v. a.* 1. Fright, terrify: oilltich, geiltich, cuir maoim air. 2. rub, wear: suath, rub, tach-ais.
FRAYING, *s.* Rùsg cabar féidh.
FREAT, *s.* Leum, taom, mac-meanmna, neònachas.
FREAK, *v. a.* Breac, dean-eug-samhuil, ballaich, stiallaich.
FREAKISH, *adj.* Leumnach, taomach, mac-meanm-nach, neònach, luaineach.
FREAKISHLY, *adv.* See Freakish.
FREAM, *v. n.* Dean gnùsadaich.
FRECKLE, *s.* Breac-a-sianain, breacadh-seunain.
FRECKLED, *adj.* Breac, breac-bhallach.
FREE, *adj.* 1. At liberty, not a vassal: saor. 2. uncompelled, unrestrained: saor, neo-cheangailte, fuasgailte. 3. not bound by fate, not necessitat-ed: saor, air a thoil féin. 4. permitted, allowed: ceadaichte, saor. 5. licentious, unrestrained: fuasgailte, folluiseach. 6. open, frank; fosgailte, saor. 7. liberal, not parsimonious: fialaidh, fiùgh-antach, faoilidh. 8. clear from distress: saor. 9. guiltless, innocent: ionraic, neo-chiontach, saor. 10. invested with franchises: saor. 11. a free school: sgoil shaor.
FREE, *v. a.* 1. Set at liberty: saor, fuasgail leig fuidh sgaoil. 2. rid from: saor, thoir á amladh. 3. exempt: cuir saor, dean saor.
FREEBOOTER, *s.* Fear-reubainn, gaduiche, spùinn-eadair, fear creach.
FREEBOOTING, *s.* Reubainn, goid, spùinneadh, creach.
FREEBORN, *s.* Saoranach.
FREECOST, *s.* Saoras cosgais.
FREEDMAN, *s.* Tràill a fhuar a shaorsa, duine saor.
FREEDOM, *s.* 1. Liberty: saorsa, saorsainn. 2. privileges: saorsa, còraichean. 3. exemption from fate: saor-thoil, cead. 4. unrestraint: cead, saor-chomas. 5. ease or facility in doing any thing: ealamhachd, deasachd. 6. assumed familiarity: saorsa.
FREEHEARTED, *adj.* Fiùghantach, faoilidh, saor-chridheach.
FREEHOLD, *s.* Fearann saor, oighreachd, tighearnas.
FREEHOLDER, *s.* Tighearn, fear-fearainn shaoir.
FREELY, *adv.* See Free, *adj.*
FREEMAN, *s.* 1. One not a slave: duine saor, saor dhuine. 2. one partaking of rights: saoranach, fear-chòraichean.
FREEMINDED, *adj.* Saor-inntinneach, cridheil, neo-chùramach.
FREENESS, *s.* 1. The state or quality of being free: saorsa, saorsainn. 2. openness: fosgailteachd, saorsa. 3. generosity: fialachd, fiùghantachd.
FREESCHOOL, *s.* Sgoil shaor.
FREESPOKEN, *adj.* Fosgailteach, saor.
FREESTONE, *s.* Gaireal, clach shaor.
FREETHINKER, *s.* Duine gun chreideamh.
FREETHINKING, *s.* Easbhuidh creidimh.
FREETONGUED, *adj.* Saor an cainnt.
FREEWILL, *s.* Saor-thoil, deòntachd.
FREEWOMAN, *s.* Bean shaor.
FREEZE, *v. a.* et *n.* 1. Congeal with cold: reòdh, meilich. 2. kill by cold: meilich, marbh le fuachd. 3. chill by the loss of power or motion: meilich. 4. freeze, be congealed with cold: reòdh, meilich.
FREIGHT, *v. a.* Luchdaich, far.
FREIGHT, *s.* 1. Any thing with which a ship is loaded: luchd. 2. the money due for transportation of goods: faradh.
FREIGHTER, *s.* Fear-faraidh.
FRENCH, *s.* 1. The people of France: Francaich. 2. the language of the French: Francais.
FRENCH, *adj.* Francach.
FRENCH CHALK, *s.* Cailc Fhrancach.
FRENCH HORN, *s.* Dùdach Fhrancach.
FRENCHIFY, *v. a.* Dean 'n a bhuban.
FRENETIC, *adj.* Air boile, air a' chuthach, mearanach.
FRENZY, *s.* Cuthach, boile, bàinidh, mearan.
FREQUENCY, *s.* 1. Common occurrence: coitch-iontas, coitchionnachd, bidheantas, tricead. 2. concourse, full assembly: coitchionnachd, coitch-iontas, coimhthional.
FREQUENT, *adj.* 1. Often done, often occurring: tric, minic, bidheanta, coitchionn. 2. full of con-course: làn, iomadaidh.
FREQUENT, *v. a.* Taoghail, tathaich.
FREQUENTATION. *s.* Tathaich, taoghal.
FREQUENTER, *s.* Fear-tathaich.
FREQUENTLY, *adv.* See Frequent, *adj.*
FRESCO, *s.* Fionnaiseachd, dubharachd.
FRESH, *adj.* 1. Cool, not vapid with heat: fionnar, fionnfhuar. 2. not salt: ùr, ùrail, neo-shaillte. 3. new, not had before: ùr, nodha, nuadh. 4. new, not impaired by time: ùr. 5. recent, newly come: ùr, nuadh. 6. florid, vigorous, cheerful: ùr, ùrail, snuadhar, beothail. 7. healthy in countenance, ruddy: snuadhar, ruiteagach. 8. brisk, strong: brisg, làidir. 9. sweet: ùr, fallain, milis. 10. raw, unripe in practice: neo-chleachdta.
FRESHEN, *v. a.* et *n.* 1. Make fresh: ùraich, dean ùr. 2. grow fresh: ùraich, fàs ùr.
FRESHET, *s.* Linne uisge, srulag uisge.
FRESHLY, *adv.* See Fresh.
FRESHMAN, *s.* See Novice.
FRESHNESS, *s.* 1. Newness, vigour, spirit: ùrachd, ùraireachd, ùralachd. 2. freedom from diminution by time: ùralachd, ùraireachd. 3. freedom from fatigue: ùrachd. 4. coolness: fionnfhuaireachd, fionnfhuairead. 5. ruddiness, colour of health: deirge, ruiteachd. 6. freedom from saltness: ur-aireachd, neo-ghoirteachd.
FRET, *s.* 1. A frith or strait of the sea: caolas, cneas-mhuir. 2. any agitation of liquors by fer-mentation: buaireas, iomairt, oibreachadh. 3.

work rising in protuberances: cnapan, meallan. 4. agitation of the mind: buaireas, frionas, corruich.

FRET, *v. a.* et *n.* 1. Agitate violently: luaisg, caraich. 2. wear away by rubbing: suath, caith. 3. corrode, eat away: cnàmh, caith as, ith. 4. form into raised work: dean plucanach. 6. variegate, diversify: breacaich, dean eug-samhuil. 6. make angry, vex: cuir troimh chéile, buair, eargnaich, feargaich, dean frionasach. 7. be in commotion, be agitated: bi luasgadh, crith. 8. be worn away, be corroded: cnàmh, caith as. 9. be angry, be peevish: bi frionasach, gabh fearg.

FRETFUL, *adj.* Frionasach, friodhanach, frithearra, corrach, crosda, dreanganach, cas.

FRETFULLY, *adv.* See Fretful.

FRETFULNESS, *s.* Frionas, frithearachd.

FRETTER, *s.* Duine corrach, duine frionasach.

FRETTING, *s.* Cnàmhan, gearan, borbhan, frionas, dreanganachd.

FRETTY, *adj.* Cnapach, plucanach.

FRIABILITY, *s.* Brisgeachd.

FRIABLE, *adj.* Brisg, pronn, so-phronnaidh.

FRIAR, *s.* Manach.

FRIARLIKE, FRIARLY, *adj.* Manachail.

FRIARY, *s.* Manachuinn.

FRIARY, *adj.* Manachail.

FRIBBLE, *v. n.* 1. Trifle: dean faoineas. 2. totter: crith, bi stàrr-chosail.

FRIBBLER, *s.* See Trifler.

FRICASEE, *s.* Feòil chearc air a pronnadh.

FRICATION, *s.* Suathadh.

FRICTION, *s.* Suathadh, rubadh.

FRIDAY, *s.* Di-h-aoine.

FRIEND, *s.* 1. One joined to another in mutual benevolence and intimacy: caraid, fear-rùin. 2. an attendant or companion: caraid, companach, caomhanach. 3. a favourer: caraid. 4. a familiar compellation: caraid. 5. a friend *in court*: caraid 's a' chùirt.

FRIEND, *v. a.* See Befriend.

FRIENDLESS, *adj.* Gun charaid, aonaranach, dìbhlidh.

FRIENDLIKE, *adj.* Càirdeil, càirdeach.

FRIENDLINESS, *s.* Càirdeachas, càirdealachd, caoimhneas.

FRIENDLY, *adj.* 1. Having the temper and disposition of a friend: càirdeil, caoimhneil, caomh, càirdeach. 2. disposed to union, amicable: càirdeil, caoimhneil. 3. favourable, convenient: fàbhorach, coingheallach.

FRIENDLY, *adv.* See Friendly.

FRIENDSHIP, *s.* 1. The state of minds united by mutual benevolence: càirdeas, càirdealachd. 2. favour, personal kindness: fàbhor, caoimhneas, càirdeas, deadh-ghean. 3. assistance, help: cuideachadh, coingheall. 4. conformity, affinity: comh-fhreagarrachd, comh-chòrdalachd.

FRIESE, *s.* Clò molach.

FRIGATE, *s.* Long bheag chogaidh.

FRIGEFACTION, *s.* Fuarachadh, dèanamh fuar.

FRIGHT, FRIGHTEN, *v. a.* Cuir eagal air, oilltich, clisg, geiltich, sgeunaich.

FRIGHT, *s.* Eagal, geilt, oillt, clisgeadh, maoim, fiamh, sgeun.

FRIGHTFUL, *adj.* Eagalach, oillteil, fuathasach, uamhasach, sgeunach.

FRIGHTFULLY, *adv.* See Frightful.

FRIGHTFULNESS, *s.* Uamhasachd, oilltealachd.

FRIGID, *adj.* 1. Cold, wanting warmth: fuar. 2. wanting warmth of affection: fuar, fuaralach, fuaralanach, neo-chaoimhneil, tioram. 3. impotent, wanting warmth of body; lag, anmhunn. 4. dull: neo-bhrisg, neo-bheothail, neo spioradail.

FRIGIDITY, *s.* 1. Coldness, want of warmth: fuachd, fionnfhuarachd. 2. dulness: neo-bheothalachd, marbhantachd. 3. want of corporeal warmth: fuachd, laigse. 4. coldness of affection: fuaralachd.

FRIGIDLY, *adv.* See Frigid.

FRIGIDNESS, *s.* See Frigidity.

FRIGORIFIC, *adj.* A' deanamh fuar.

FRILL, *v. n.* Crith le fuachd, bi fuar-chrith.

FRILL, *s.* Grinneas uchd.

FRINGE, *s.* Fraoidhneas, oir.

FRINGE, *v. a.* Cuir oir ri, cuir fraoidhneas ri.

FRINGY, *adj.* Fraoidhneasach.

FRIPPERER, *s.* Ceannaiche shean aodaich.

FRIPPERY, *s.* 1. The place where old clothes are sold: margadh shean aodaich. 2. old clothes, cast dresses: sean aodach, bàrlagan. 3. trumpery, which, See.

FRISK, *v. n.* 1. Leap, skip: leum, geàrr sùrdag. 2. dance in frolic or gaiety: danns, dean mire, leum, dean beic-léimneachd.

FRISK, *s.* Mire, beadradh, beic-léimneachd, sùgradh, mirean, mireagachd.

FRISKER, *s.* Fear luaineach, fear-mireagach.

FRISKFUL, *adj.* Mireagach, sùgach, beiceiseach, mear.

FRISKING, *s.* Mireag, beic-léimneachd, sùgradh.

FRITH, *s.* Caolas-mara, cneas-mhuir.

FRITTER, *s.* Mirean, crioman, brusg.

FRITTER, *v. a.* Bris, bloighdich, dean 'n a chriomagan, pronn, bruan.

FRIVOLITY, *s.* Faoineas, faoineachd.

FRIVOLOUS, *adj.* Faoin, suarach, gun fhiù.

FRIVOLOUSLY, *adv.* See Frivolous.

FRIZZ, FRIZZLE, *v. a.* Cuairsg, cas, cur 'n a chaisreagaibh.

FRIZZLE, *s.* Camag, caisreag.

FRIZZLER, *s.* Fear-casaidh ghruag.

FRO, *adv.* Air ais, a suas.

FROCK, *s.* 1. A dress, a coat: còta geàrr. 2. a kind of gown for children: earasaid, gùn beag.

FROG, *s.* Losgann, leumachan, cràigean.

FROGGY, *adj.* Losgannach.

FROLIC, *s.* Mire, sùgradh, beadradh, cleasachd.

FROLIC, *adj.* Mireagach, sùgach, cleasanta.

FROLIC, *v. n.* Dean àbhachd, dean sùgradh.

FROLICLY, *adv.* See Frolic.

FROLICSOME, *adj.* Àbhachdach, cridheil, aighearach.

FROLICSOMENESS, *s.* Mire, cleasantachd.

FROLICSOMELY, *adv.* See Frolicsome.

FROM, *prep.* 1. Away, noting privation, reception,

descent, transmission, succession, emission or progress: o, bho, uaith, uaithe. 2. because of: o, air son. 3. out of, noting the ground or cause of any thing: o, as, mach as. 4. noting distance, separation, exemption, absence, or derivation: bho, o. 5. from *above:* o 'n àird. 6. from *afar:* o chéin. 7. from *beneath:* o 'n doimhne. 8. from *behind*: o chùlthaobh. 9. from *where:* o 'n àite. 10. from *without:* o 'n taobh muigh. 11. from *amidst:* o mheadhon, o mheasg. 12. from *out of:* a mach á. 13. from *within:* as an taobh stigh.

Frondiferous, *adj.* Duilleagach.

Front, *s.* 1. The face: agaidh, aodann. 2. the face in a sense of censure or dislike: aghaidh, bathais. 3. the face as opposed to an enemy: aghaidh, aodann. 4. the part or place opposed to the face: beulthaobh, aghaidh. 5. the van of an army: tùs, toiseach. 6. the forepart of any thing, as of a building: beulthaobh, aghaidh. 7. the most conspicuous part or particular: ni àraidh, smior.

Front, *v. a.* et *n.* 1. Oppose directly, or face to face: thoir aghaidh, coinnich, cuir aghaidh ri. 2. stand opposed, or over against any place or thing: seas mu choinneamh. 3. stand foremost: seas air thoiseach.

Frontier, *s.* Crìoch, oir, foir, iomall, oirthir.

Frontispiece, *s.* Aghaidh, beulthaobh.

Frontless, *adj.* Beag-narach, ladarna, dàna, bathaiseach.

Frontlet, *s.* Eudannan, stìom.

Front room, *s.* Seòmar aghaidh, seòmar beòil.

Frost, *s.* Reodhadh, reothadh.

Frostbitten, *adj.* Seargta le reodhadh, seacta.

Frostily, *adv.* See Frosty.

Frostinesss, *s.* Fuarachd, fior-fhuachd.

Frosty, *adj.* 1. Excessive cold: reòidhte reòta. 2. chill, in affection: fuaralach, fuar neo-thlusail, neo-chaoimhneil. 3. hoary: liath.

Froth, *s.* Cop, cobhar, sgùm, omhan.

Froth, *v. a.* et *n.* 1. Make foam: cop, cuir cobhar dhiot. 2. foam: cop, bi fuidh chobhar.

Frothily, *adv.* See Frothy.

Frothiness, *s.* Falamhachd.

Frothy, *adj.* 1. Full of foam: copach, cobharach, omhanach. 2. soft, not solid, wasting: cotharach, diombuain, faoin. 3. vain, empty, trifling: faoin, falamh, gun bhrìgh.

Frounce, *v. a.* Cuairsg, cuir 'n a chamagaibh, cas.

Frounce, *s.* Camag, caisreag.

Frouzy, *adj.* Dorcha, neulach, doilleir.

Froward, *adj.* Daobhaidh, crosda, danarra, coirpte, dearrasach, rag-mhuinealach, droch-mhuint docheannsachaidh.

Frowardly, *adv.* See Froward.

Frowardness, *s.* Dearras, danarrachd, coirpteachd, rag-mhuinealachd.

Frown, *v. a.* et *n.* 1. Drive back with a look of haughtiness: cuir air theicheadh le gruaim, sream, amhairc le gruaim. 2. look stern: cuir gruaim ort, bi gruamach, sream.

Frown, *s.* Gruaim, sgreang, sreamadh.

Frowningly, *adv.* Gu gruamach, gu coimheach, gu sgreangach.

Frozen, *part.* 1. Congealed with cold: reòidhte, reòta. 2. chill in affection: fuaralach, fuar-chridheach, neo-chaoimhneil. 3. void of heat or appetite: fuaralach, neo-thlusail.

Fructiferous, *adj.* Sìolmhor, torach, measach.

Fructify, *v. a.* et *n.* 1. Make fruitful, fertilize: dean torach, dean sìolmhor. 2. bear fruit: bi torach, bi-siolmhor, giùlain meas.

Fructuous, *adj.* Sìolmhor, torach, measach.

Frugal, *adj.* Caomhantach, glèidhteach, glic, cùramach, crionnta, solarach.

Frugality, *s.* Caomhnadh, crionntachd, deadh fhearas tighe, cùram.

Frugally, *adv.* See Frugal.

Fruit, *s.* 1. The product of a tree or plant, in which the seeds are contained: meas. 2. production: meas, toradh. 3. the offspring of the womb: toradh, sliochd. 4. the effect of any action: toradh, meas. 5. the dessert: meas, deireannan.

Fruitage, *s.* Meas.

Fruitbearing, *adj.* A' giùlan meas.

Fruitery, *s.* 1. Fruit collectively taken: meas. 2. a fruit loft, a repository for fruit: lobhta mheas, àite caoineachaidh mheas.

Fruitful, *adj.* 1. Fertile, abundantly productive: torrach, torach, siolmhor, measach. 2. actually bearing fruit: measach, fuidh mheas. 3. prolific, childbearing: sìolmhor, torrach. 4. plenteous, abounding in any thing: pailt, tarbhach, saoibhir.

Fruitfully, *adv.* See Fruitful.

Fruitfulness, *s.* 1. Fertility, fecundity: sìolmhorachd, torraicheas. 2. the quality of being prolific, or bearing many children: sìolmhorachd, torraicheas. 3. exuberant abundance: pailteachd, pailteas.

Eruition, *s.* Mealtuinn, sealbhachadh.

Fruitless, *adj.* 1. Barren of fruit, not bearing fruit: neo-thorrach, gun mheas, gun toradh. 2. vain, productive of no advantage: neo tharbhach, neo-bhuanachdail, faoin, dìomhain. 3. having no offspring: aimrid, seasg, neo-shìolmhor, neo-thorrach.

Fruitlessly, *adv.* See Fruitless.

Fruitlessness, *s.* Neo-shìolmhorachd, neo-thorraiche, dìomhanas.

Fruit-time, *s.* Am a' mheas.

Fruit-tree, *s.* Craobh mheas.

Frumentacious, *adj.* Do ghràn.

Frumenty, *s.* Brochan cruinneichd.

Frump, *v. a.* Mag, fanaidich, cuir 'n a thosd, dean tarcuis.

Frump, *s.* Magadh, fochaid, fanaid, tarcuis.

Frush, *v. a.* Bris, bruan, pronn, bruth.

Frustraneous, *adj.* Dìomhain, faoin, neo-bhuanachdail, neo-tharbhach.

Frustrate, *v. a.* 1. Defeat, disappoint, balk: bac, dìth-mhill, dìobair, meall, feall, mill dùil. 2. make null, nullify: dìth-mhill, cuir á dùil, bac, cuir a thaobh.

Frustrate, *adj.* 1. Vain, ineffectual: dìomhain, neo-tharbhach, neo-éifeachdach, neo-bhuanachdail.

2. null, void: dìth-mhillte, dìobairte, àir a chur a thaobh. 3. disappointed, defeated: meallta, dìobairte.

FRUSTRATION, *s.* Mealladh, fealladh, dìobradh.

FRUSTRATIVE, *adj.* Mealltach, foilleil, fealltach.

FRUSTRUM, *s.* Mìr, earrann.

FRY, *s.* 1. The swarm of little fishes just produced from the spawn: sìol éisg, sgaoth mheanbh iasg, min-iasg. 3. any swarm of animals, or young people in contempt: sgaoth, gramasgar, gràisg, prasgan. 3. a kind of sieve: criathar.

FRY, *v. a.* et *n.* 1. Dress food in a pan on the fire: frighig, ròist, gréidh 's an aghann, deasach am friochdan. 2. be roasted in a pan on the fire: ròist, bi air do bhruich am friochdan. 3. melt with heat: leagh le teas. 4. be agitated like liquor in the stomach: luaisg, bi air ghoil.

FRY, *s.* Biadh ròiste.

FRYINGPAN, *s.* Friochdan, friochdail, aghann-grìosaich.

FUB, *s.* Pluiceanach, balach reamhar.

FUCATED, *adj.* Ainriochdail, le dath.

FUDDLE, *v. a.* et *n.* 1. Make drunk: cuir air mhisg, cuir misg air, cuir air an daoraich. 2. drink to excess: òl, pòit, bi air mhisg, gabh an daorach.

FUDGE, *interj.* Tu!

FUEL, *s.* Connadh, gual, no, mòine.

FUEL, *v. a.* 1. Feed fire with combustible matter: cuir connadh air, griasach, leasaich. 2. store with firing: solair connadh, trus connadh.

FUGACIOUS, *adj.* Luaineach, siùbhlach, diombuain, luath, teichmheach.

FUGACIOUSNESS, *s.* Luaineachd, siùbhlachd, luathas, diombuaineachd.

FUGACITY, *s.* 1. Volatility, quality of flying away: luaineachd, siùbhlachd, luaths, diombuaineachd, neo-mhaireachduinn. 2. instability, uncertainty: neo-chinnteachd, neo-sheasmhachd.

FUGITIVE, *adj.* 1. Not to be held or detained: teichmheach, faileasach. 2. unsteady, unstable, not durable: faileasach, diomhuain, siùbhlach. 3. volatile, apt to fly away: siùbhlach, teichmheach, luaineach, neo-bhunailteach. 4. flying, running from danger: a' teicheadh, teichmheach, a' gabhail na ruaig. 5. flying from duty, falling off: seachranach. 6. wandering, vagabond: luaineach, luasganach, faondrach, seachranach.

FUGITIVE, *s.* 1. One who runs from his station or duty: gealtair, claodhaire. 2. one who takes shelter under another power from punishment: fògarach, dìobarach. 3. one hard to be caught or detained: fear luaineach.

FUGITIVENESS, *s.* Diombuaineachd, siùbhlachd, neo-chinnteachd.

FULCRUM, *s.* Prop.

FULFIL, *v. a.* 1. Fill till there is no room for more: lìon. 2. answer any prophecy or promise by performance: coimhlion. 3. answer any purpose or design: freagair do, dean iomchuidh, no cubhaidh. 4. answer any law by obedience: coimhlion.

FULFILLER, *s.* Fear-coimhlionaidh, fear-crìochnachaidh.

FULFILLING, *s.* Coimhlionadh, crìochnachadh.

FULFILMENT, *s.* Coimhlionadh.

FULGENCY, *s.* Deàrsadh, dealradh, lannair, soillse.

FULGID, *adj.* Lannair, deàlrach, deàrsach, boillisgeach, soillseach.

FULGIDITY, FULGOUR, *s.* See Fulgency.

FULGURATION, *s.* Deàrsadh, soillseachadh, lasadh.

FULGURY, *s.* Dealanach, tein' adhair.

FULIGINOUS, *adj.* Sùitheach, deatachail.

FULIGINOUSLY, *adv.* See Fuliginous.

FULIMART, *s.* Feòcullan.

FULL, *adj.* 1. Replete, without vacuity: làn, lìonta. 2. abounding in any quality, good or bad: làn, lìonta, pailt. 3. plump, fat: làn, sultmhor, reamhar, pluiceach. 4. saturated, sated: làn, sgìth, sàsaichte. 5. made pregnant: làn, torrach. 6. complete: iomlan, coimhlionta. 7. containing the whole matter, expressing much: làn, iomlan, coimhlionta. 8. strong: làidir, reachdmhor. 9. mature, perfect: làn, abuich. 10. not continuous, or a full stop: buileach. 11. spread to view in all its dimensions: buileach, iomlan, slàn.

FULL, *s.* 1. Complete measure: làn, lànachd, làine. 2. the highest state or degree: làn, lànachd. 3. the whole, the total: làn, iomlaine. 4. the full of *the moon:* àirde na gealaich.

FULL, *adv.* 1. Without abatement or diminution: gu h-uile, gu h-iomlan, gu buileach. 2. with the whole effect: gu buileach. 3. exactly, or directly: dìreach, gu dìreach.

FULL-BLOOMED, *adj.* Fo làn bhlàth.

FULL-BLOWN, *adj.* Fo làn bhlàth.

FULL-BOTTOMED, *adj.* Mòr-mhàsach.

FULL-CHARGED, *adj.* Làn gu beul.

FULL-DRESSED, *adj.* An làn uidheam.

FULL-EARED, *adj.* Fo làn déis, diasach.

FULL-EYED, *adj.* Mòr-shuileach, glog-shuileach.

FULL-FED, *adj.* Lan-reamhar, biadhta.

FULL-GROWN, *adj.* Aig làn fhàs.

FULL-LADEN, *adj.* Làn-luchdaichte, luchdaichte.

FULL-MANNED, *adj.* Fuidh làn sgioba.

FULL-ORBED, *adj.* Cruinn.

FULL-SPREAD, *adj.* Làn-sgaoilte.

FULL-STUFFED, *adj.* Làn-dhinnte.

FULL-WINGED, *adj.* Mòr-sgiathach.

FULL, *v. a.* Sgùr, glan, luaidh.

FULLAGE, *s.* Airgiod luaidh,

FULLER, *s.* Muillear luaidh, fùcadair, luadhadair.

FULLER'S EARTH, *s.* Criadh an fhùcadair.

FULLERY, FULLINGMILL, *s.* Muileann luaidh.

FULLY, *adv.* See Full, *adj.*

FULMINANT, *adj.* Tàirneanach.

FULMINATE, *v. a.* et *n.* 1. Throw out as an object of terror: tilg mar ghath tàirneineich, tilg mar bheithir. 2. condemn: dìt. 3. thunder: dean tàirneanach. 4. make a loud noise or crack: dean bragh, dean toirm. 5. issue out ecclesiastical censures: dìt.

FULMINATION, *s.* 1. The act of thundering: tàirneanach, fuaimneach, torunn, toirm. 2. denuncia-

tion of censure : smachdachadh eaglais, ascaoin eaglais.

Fulmine, *v. a.* Saighead, bonnsaich.

Fulness, *s.* 1. The state of being filled so as to have no part vacant : lànachd, làine. 2. the state of abounding in any quality, good or bad : lànachd, pailteas. 3. completeness : lànachd, làine, iomlanachd, pailteas, sàth. 4. repletion, satiety : leòir, pailteas, sàth. 5. plenty, wealth : pailteas, saoibhreas. 6. largeness, extent : meudachd, farsuingeachd.

Fulsome, *adj.* 1. Nauseous, offensive : gràineil, breun, daochail, gràndа. 2. rank, gross to the smell : breun, lobhta. 3. tending to obscenity : draosda, drabasda, salach.

Fulsomely, *adv.* See Fulsome.

Fulsomeness, *s.* 1. Nauseousness : breunachd, daochalachd. 2. foulness : sailchead, salacharachd, mosaiche. 2. rank smell : breunachd, lobhadh. 4. obscenity : drabastachd, draosdachd.

Fumage, *s.* Cìs teallaich.

Fumble, *v. a.* et *n.* 1. Manage awkwardly : dean gu cearbach. 2. attempt any thing awkwardly or ungainly : meuraich, làimhsich, gu ceàrr. 3. puzzle : bi an ceò. 4. play childishly : bi faoin, cluich gu gòrach.

Fumbler, *s.* Breòchdlair, fear cearbach.

Fumblingly, *adv.* Gu cearbach, gu ciotach, gu ceàrr.

Fume, *s.* 1. Smoke : deatach, smùd, deathach. 2. vapour, any volatile parts flying away : ceò, smùid, ceathach. 3. exhalation from the stomach : toth, brùchd. 4. rage, heat of mind : ainteas, corruich. 5. any thing unsubstantial : ceò, smùid, deathach.

Fume, *v. a.* et *n.* 1. Smoke, dry in the smoke : toit, tiormaich 's an deathach. 2. perfume : cuir boltrach air, cuir tùis air. 3. disperse in vapours : sgap, sgaoil. 4. smoke : smùid, toit. 5. pass away in vapours : smùid, caith an smùid. 6. be hot with anger : bi 'n teas feirge.

Fumet, *s.* Buachar féidh.

Fumid, *adj.* Deatachail, smùideach, toiteach.

Fumigate, *v. n.* Smùid, toit.

Fumigation, *s.* Deathach, cur deatach, smùid, no, ceò rì.

Fumingly, *adv.* Gu feargach, an corruich.

Fumish, *adj.* 1. Smoky : deatachail, smùideach, toiteach. 2. choleric : feargach.

Fumous, Fumy, *adj.* Deatachail, smùideach, toiteach.

Fun, *s.* Fearas chuideachd, fala dhà, ealaidh, cridhealas, àbhachd, mire, sùgradh.

Function, *s.* 1. Discharge, performance : dèanadas, cur an gnìomh, gnothach. 2. employment, office : dreuchd, ceàird. 3. single act of any office : gnìomh, cùis. 4. trade, occupation : ceàird, dreuchd, obair. 5. office of any particular part of the body : gnothach, obair, feum. 6. power, faculty : comas, cumhachd.

Functionary, *s.* Dèantach.

Fund, *s.* Stoc, cuid, ionmhas, maoin, stòras.

Fund, *v. n.* Cuir an stoc.

Fundament, *s.* Tòn, ceann-deiridh.

Fundamental, *adj.* Bunabhasach, bunaiteach, sònruichte.

Fundamentally, *adv.* See Fundamental.

HIGH, *adj.* 1. Long upwards: àrd. 2. elevated in place, raised aloft: àrd, togta suas. 3. exalted in nature: àrd, mòr. 4. exalted in rank or condition: àrd, mòr, uasal, urramach. 5. difficult, abstruse: duilich, deacair cruaidh, àrd. 6. boastful, ostentatious: spagluinneach, bòsdail. 7. arrogant, proud, lofty: àrdanach, uaibhreach, mòr-chuiseach. 8. severe, oppressive: cruaidh, ainneartach. 9. noble, illustrious: òirdheirc, ainmeil, measail. 10. strong, powerful: làidir, treun. 11. violent, *applied to the wind:* làidir, mòr. 12. tumultuous, turbulent: aimhreiteach, buaireasach. 13. full, complete: làn, coimhlionta. 14. advancing in latitude from the line: fada: 14. dear, exorbitant in price: daor. 15. capital, great: mòr, prìomh. 16. solemn: mòr, àraidh. 17. loud, full: àrd, fuaimneach. 18. zealous in the cause of others: dìan, bras, deallasach.
HIGH, *adv.* See High, *adj.*
HIGH-BLEST, *adj.* Ro-shona.
HIGH-BLOWN, *adj.* Air at, séidte suas.
HIGH-BORN, *adj.* Uasal, àrd, inbheach.
HIGH-COLOURED, *adj.* Air a dhath trom, lasanta.
HIGH-DESIGNING, *adj.* Àrd-inntinneach.
HIGH-FED, *adj.* Biadhta.
HIGH-FLAMING, *adj.* Dèarsach, boillsgeach.
HIGH-FLIER, *s.* Fear eudmhor.
HIGH-FLOWN, *adj.* Àrd-ghlòireach, àrd-mheamnach.
HIGH-HEAPED, *adj.* Air a chàrnadh suas, àrd-chruachta.
HIGH-HEARTED, *adj.* Àrd-inntinneach.
HIGHLAND, *s.* Ard-thir, Gàidhealtachd, Gaëltachd.
HIGALAND, *adj.* Gàidhealach, Gaëlach.

HIGHLANDER, *s.* Gàidheal, Gaël, bràigheach.
HIGHLANDISH, *adj.* See Highland, *adj.*
HIGHLY, *adv.* See High.
HIGHMETTLED, *adj.* Spioradail, tapaidh, dian, àrd-mheanmnach.
HIGH-MINDED, *adj.* Ard-inntinneach.
HIGHNESS, *s.* 1. Altitude: àirde. 2. the title of princes: mòrachd, mòralachd. 3. dignity of nature, supremacy: àirde. 4. excellence, value: òirdheirceas, luachmhorachd.
HIGH-SPIRITED, *adj.* Àrd-mheanmnach, àrd-inntinneach.
HIGH-STOMACHED, *adj.* Àrdanach, uaibhreach, danarra.
HIGH-TASTED, *adj.* Blasda, milis, taitneach.
HIGH-WATER, *s.* Muir làn, àirde 'n làin, reothairt.
HIGH-WAY, *s.* Rathad mòr, rathad an righ.
HIGHWAYMAN, *s.* Fear-reubainn, spuinneadair.
HIGH-WROUGHT, *adj.* Snasmhor, ealanta.
HILARITY, *s.* Cridhealas, aighear, subhachas, sùgradh.
HILDING, *s.* 1. A sorry, cowardly fellow: cladhaire, balach. 2. a mean woman: baobh, grodag.
HILL, *s.* Beinn, monadh, aonach, sliabh, cnoc.
HILLED, *adj.* Monadail, sliabhach, cnocach.
HILLOCK, *s.* Cnoc, beannan, tulach, sìthean, tòrr.
HILLY, *adj.* Monadail, cnocach, beanntach, sléibhteach, creagach.
HILT, *s.* Cas, làmh.
HILTED, *adj.* Air am bheil cas, no, làmh.
HIMSELF, *pron.* E féin. *By* himself: leis féin.
HIN, *s.* Tomhas Iudhach a chumadh deich pinntean Sasunnach.
HIND, *s.* 1. The female of a red deer: eilid, agh féidh. 2. a servant: seirbhiseach, òglach, sgalag. 3. a peasant: luidealach, luinnsear.
HINDER, *v. a.* et *n.* 1. Obstruct, stop: bac, grab, caisg, cuir stad, amail. 2. raise hindrances: cuir bacadh, cum air ais, bi grabadh.
HINDER, *adj.* Air deireadh, deireannach.
HINDRANCE, *s.* Bacail, grabadh, bacadh, amhladh, maille, stad.
HINDERER, *s.* Fear-bacaidh, fear-grabaidh, fear-amlaidh.
HINDERMOST, HINDMOST, *adj.* Deireannach, air deireadh.
HINGE, *s.* 1. Joints upon which a gate or a door turns: banntach, lùdagan, lùdan, lùdnan, cùlcheangal, slaodrach. 2. a governing rule or principle: riaghailt, reachd.
HINGE, *v. a.* et *n.* 1. Furnish with hinges: cuir lùdnain air. 2. bend as an hinge: altaich, lùb mar lùdnan. 3. turn as upon an hinge: tionndaidh air lùdnain, lùb, altaich.
HINT, *v. a.* Thoir sanas, thoir rabhadh, thoir lideadh, thoir faireachadh.
HINT, *s.* Sanas, rabhadh, faireachadh, lideadh.
HIP, *s.* 1. The joint of the thigh: alt na sléisne, alt a' chruachain. 2. the haunch: sliasaid, leis. 3. *hip and thigh:* cos gu leis, cos air leis. 4. the fruit of the briar or dog rose: mucag.
HIPPODROME, *s.* Coimhliong each.
HIPPOGRIFF, *s.* Each sgiathach.
HIPPOPOTAMUS, *s.* Each uisge.
HIPSHOT, *adj.* As an leis.
HIRE, *v. a.* 1. Procure any thing for temporary use at a certain price: tuarasdalaich, ceannaich. 2. engage a man for temporary service for wages: tuarasdalaich, gabh air thuarasdal. 3. bribe: thoir duais do, ceannaich, thoir ceannach do. 4. let, set for a time at a certain price: thoir air son tuarasdail, suidhich.
HIRE, *s.* 1. Reward or recompence paid for the use of any thing: duais, pàidheadh, luach, dìoladh. 2. wages paid for service: tuarasdal, duais.
HIRELESS, *adj.* Gun tuarasdal, gun duais, a ñasgaidh.
HIRELING, *s.* 1. One who serves for wages: fear-tuarasdail, seirbhiseach, tuarasdalaiche. 2. a mercenary, a prostitute: strìopach, siùrsach.
HIRELING, *adj.* Air son tuarasdail.
HIRER, *s.* Fear-tuarasdalachaidh.
HIRSUTE, *adj.* 1. Rough, rugged, shagg: ròmach, molach, garbh. 2. of coarse manners: garbh, neobheusach, mi-mhodhail.
HIRSUTENESS, *s.* Ròmaichead, molachas.
HISS, *v. a.* et *n.* 1. Condemn by hissing: dìt, éigh, a sìos, càin. 2. utter a noise like that of a serpent and some other animals: srann, séid, dean fead.
HISS, *s.* 1. The noise of a serpent and some other animals: srann, fead, séidil. 2. censure, expression of contempt used in theatres: cronachadh, dìteadh.
HISSINGLY, *adv.* Gu séideach, le feadail.
HIST, *interj.* Uist!
HISTORIAN, *s.* Eachdraiche, eachdaire, seanachaidh.
HISTORIC, HISTORICAL, *adj.* Seanachasach, a bhuineas do dh' eachraidh.
HISTORICALLY, *adv.* See Historical.
HISTORIFY, *v. a.* Cuir a sìos an eachdraidh, aithris.
HISTORIOGRAPHER, *s.* Eachdaire, eachdraiche, seanachaidh.
HISTORIOGRAPHY, *s.* Eachdraidh, eachdaireachd, eachdair.
HISTORIOLOGY, *s.* Eòlas eachdraidhe.
HISTORY, *s.* Eachdraidh, eachdaireachd, eachdair, seanachas, sgeul, trachdalachd.
HISTORY PIECE, Dealbh eachdraidh.
HISTRION, *s.* Cleasaiche, fear-cluiche.
HISTRIONIC, HISTRIONICAL, *adj.* Cluicheach, cluicheil.
HISTRIONICALLY, *adv.* See Histrionical.
HIT, *v. a.* et *n.* 1. Strike, touch with a blow: buail, cuimsich. 2. touch the mark, miss not: cuimsich, buail, amais. 3. attain, reach: ruig, amais. 4. suit, be conformable to: cuimsich. 5. strike, touch properly: buail, amais, airmis. 6. hit *off:* amais dìreach. 7. hit *out:* dean le deadh thuiteamas. 8. clash, collide: buail, tachair. 9. chance luckily, succeed by accident: tuit a mach, tachair. 10. succeed: soirbhich. 11. light on: tuit air. 12. agree, suit: còrd, comh-fhreagair.
HIT, *s.* 1. A stroke: buille, strailleadh. 2. a chance, a fortuitous event: tuiteamas, amas, tapas.

HITCH, *v. n.* 1. Become entangled or hooked together: bi 'n amladh. 2. be caught, be hooked in: bi 'n sàs, bi glacta. 3. move or walk: gluais, imich, coisich, glidich.
HITCH, *s.* Glacadh, cromag.
HITCHEL, *s.* Fairche lìn.
HITHE, *s.* Geodha, camus.
HITHER, *adv.* 1. To this place, from some other: an so, gu so, an taobh so. 2. to this end, to this design: air son so, chum so.
HITHER, *adj.* Ni 's faisge.
HITHERMOST, *adj.* A 's fhaisge.
HITHERTO, *adv.* Gu ruig a so, gus an so, fathast, gus a nis.
HITHERWARD, *adv.* An rathad so, chùm an àite so.
HIVE, *s.* 1. The habitation of bees: beach-lann, beach-thigh. 2. the bees inhabiting a hive: sgeap. 3. a company being together: còisridh, comunn.
HIVE, *v. n.* Comh-chruinnich, gabh fasgadh, còmhnuich cuideachd.
HIVER, *s.* Fear-sgeapan.
Ho! *interj.* Ho!
HOAR, *adj.* Liath.
HOAR, *s.* Arsaidheachd.
HOAR, *v. n.* Fàs liath.
HOAR FROST, *s.* Liath-reothadh, liath-reothadh.
HOARD, *s.* Ionmhas, tasgaidh, ulaidh, cruach.
HOARD, *v. a.* et *n.* 1. Lay in hoards: càrn, taisg, cnuasaich, cuir seachad. 2. make hoards, lay up store: trus, cruinnich, bi tional.
HOARDER, *s.* Trusaiche, feàr-cuir an tasgaidh.
HOARED, *adj.* Liath.
HOARINESS, *s.* 1. The state of being whitish: lèitheid. 2. mouldiness: liathtas, liath-taois.
HOARSE, *adj.* Tùchanach, garbh, reasgach, fròmhaidh.
HOARSELY, *adv.* See Hoarse.
HOARSENESS, *s.* Tùchan, rùsgadh cléibhe.
HOARY, *adj.* Liath, glas.
HOAX, *s.* Mealladh.
HOB, *s.* See Clown.
HOBBARD-DE-HOY, *s.* Sean-ghille.
HOBBLE, *v. a.* et *n.* 1. Perplex, embarrass: cuir an imchiest, cuir an ioma-chomhairle. 2. walk lamely or awkwardly: imich gu bacach.
HOBBLE, *s.* Ceum crùbaiche, ceum bacaich.
HOBBLINGLY, *adv.* Gu crùbach, gu bacach.
HOBBY, *s.* 1. A species of hawk: seòrsa seabhaig. 2. an Irish or Scotch horse: gearran. 3. a stick on which boys get astride and ride: each maide.
HOBBY HORSE, *s.* 1. A stick on which boys ride: each maide. 2. a stupid or foolish person: òinid, umpaidh, baothair. 3. the favourite object or pursuit of a person: sìor ghnothach.
HOBGOBLIN, *s.* Bodach, bòcan, uruisg, tàibhse, tannasg.
HOBNAIL, *s.* 1. A nail used in shoeing a hobby or little horse: tarrang crudha. 2. a clownish person: balach, ludar.
HOBNAILED, *adj.* Tacaideach.
HOCK, *s.* See Hough.
HOCK, HOCKAMORE, *s.* Fìon Gearmailteach.
HOCKLE, *v. a.* Gearr iosgaid.
HOCUS POCUS, *s.* 1. A juggler: cleasaiche, lùth-chleasaich. 2. a juggle, a cheat: cleas, lùth-chleas.
HOD, *s.* Amar aoil.
HODMAN, *s.* Fear-iomchair aoil.
HODGE-PODGE, *s.* Eanraich iol-ghneitheach.
HODIERNAL, *adj.* Lathail.
HOE, *s.* Fàl-fuinn, croman gàraidh, sgrìoban bùraich.
HOE, *v. a.* Cladhaich le fal-fuinn, oibrich le croman gàraidh, bùraich.
HOG, *s.* 1. The general name of swine: muc. 2. a castrated boar: cullach, torc spothta. 3. a sheep of a year old: òisg. 4. in naval language, a sort of flat scrubbing broom: sadach sgrìobaidh.
HOG, *v. a.* 1. Scrape the filth from a ship's bottom: sgrìob le sadach sgrìobaidh. 2. carry on the back: giùlain air do mhuin. 3. cut the hair short: bèarr lom.
HOGCOTE, *s.* Fail-mhuc, tigh-mhuc.
HOGGEREL, *s.* Òisg, dionag.
HOGGISH, *adj.* Mucach, mosach, salach, lonach.
HOGGISHLY, *adv.* See Hoggish.
HOGGISHNESS, *s.* Mosaichead, mosaiche, brùidealachd.
HOGHERD, *s.* Mucair, buachaille mhuc.
HOGSHEAD, *s.* Togsaid, tosgaid.
HOGSTY, *s.* Fail-mhuc.
HOGWASH, *s.* Biadh mhuc, treasg.
HOIDEN, *s.* 1. An awkward, rude, ill behaved man: balach, sgonn-bhalach. 2. an ill taught, awkward, country girl: caile, dubh-chaile.
HOIDEN, *adj.* Balachail, neo-fhìnealta.
HOISE, HOIST, *v. a.* Tog, tog an àirde, slaod suas.
HOIST, *s.* Togail.
HOLD, *v. a.* et *n.* 1. Grasp in the hand: glac, gabh greim, greimich. 2. connect, keep from separation: cum, ceangail ri. 3. keep, gripe fast: cum, dean greim teann. 4. maintain as an opinion: gléidh, cum, cum a mach. 5. consider, regard: meas. 6. contain: cum. 7. keep, hinder from escape: cum, bac, gléidh. 8. keep from spoil, defend: bac, cum, dìon. 9. possess, have: seilbhich. 10. confine to a certain state: cum a stigh. 11. not to intermit: lean, na sguir. 12. solemnize, celebrate: cum. 13. manage, handle intellectually: làimhsich. 14. prosecute, continue: cuir air aghart. 15. hold *forth*, offer: nochd, foillsich, taisbean. 16. hold *forth*, portend: nochd. 17. hold *in:* cum a stigh. 17. hold *off:* cum dhiot, cum air falbh. 18. hold *on:* lean, cum air d'aghart. 19. hold *out*, extend: sìn. 20. hold *out*, offer: tairg. 21. hold *out*, continue to do or suffer: lean. 22. hold *up:* tog an àirde. 23. stand, be right: seas, bi ceart. 24. continue unbroken, or unsubdued: mair. 25. last, endure: mair, bi seasmhach. 26. refrain: cum air ais. 27. adhere: lean. 28. be dependent on: bi leanmhuinn air. 29. derive right: tarruing o. 30. hold forth, harangue: cuir dhiot, labhair. 31. hold *in:*

cum a stigh. 32. hold *together:* cum r' a chéile. 33. hold *with:* comh-oibrich.

HOLD, *s.* 1. The act of seizing: glacadh, greimeachadh, beirsinn. 2. something to be held, support: greim, taice. 3. power of keeping: cumail, gleidheadh. 4. catch, power of seizing: greim, greimeachadh. 5. custody: greim, gleidheadh. 6. prison, place of custody: prìosan, gainntir. 7. power, influence operating on the mind: cumhachd. 8. hold *of a ship:* ceàrn luinge. 9. a lurking place: toll, slochd. 10. a fortified place: daingneach.

HOLDER, *s.* 1. One that holds or gripes any thing in his hand: fear-greimeachaidh. 2. one that keeps back or restrains: fear-bacaidh, fear-cumail air ais. 3. one that supports: fear-cuideachaidh. 4. a tenant: gabhaltaiche, tuathanach. 5. a possessor of any thing: fear-seilbh.

HOLDFAST, *s.* Greim daingean, clìchd.

HOLDING, *s.* 1. Tenure, farm: gabhail-fhearainn, gabhaltas: 2. hold, influence: greim, cumail, glacadh. 3. the burden or chorus of a song: fonn.

HOLE, *s.* 1. A cavity narrow and long: toll, slochd. 2. a perforation: toll. 3. a cave, a hollow place: toll, slochd, uamh. 4. a cell of an animal: slochd, còs, frògˎ. 5. a mean habitation: frògˎ, slochd. 6. some subterfuge or shift: toll, car mìodhoir. 7. arm-hole: toll na h-achlais.

HOLE, *v. a.* Toll, cladhaich.

HOLIDAM, *s.* Màthair Chriosd.

HOLILY, *adv.* See Holy.

HOLINESS, *s.* Sanctity, piety: naomhachd, diadhachd. 2. the state of being hallowed, dedication to religion: naomhachd, coisreagadh. 3. the title of the pope: naomhachd.

HOLLA, *interj.* Holò!

HOLLA, *v. n.* Holò ri, glaodh ri.

HOLLA, *s.* Holò, gàir, éigh, glaodh.

HOLLAND, *s.* 1. The country so called: Òlaind. 2. fine linen made in Holland: anart Òlaindeach.

HOLLANDER, *s.* Fear a mhuinntir 'n a h-Òlainde, Duitseach.

HOLLOW, *adj.* 1. Excavated, having a void space within: còsach, fàs, falamh. 2. light, loose: eutrom, fuasgailte. 3. noisy: fuaimneach. 4. not faithful: fàs, cealgach, foilleil.

HOLLOW-EYED, *adj.* Mùgach, gruamach.

HOLLOW-HEARTED, *adj.* Eas-ionraic, foilleil, mealltach, carach, cealgach.

HOLLOW, *s.* 1. Cavity: còs, cobhan, slochd, còs, uamh. 3. pit: slochd, toll, talamh-toll. 4. any opening or cavity: lag, fosgladh. 5. passage, canal: rathad, slighe.

HOLLOW, *v. a.* et *n.* 1. Make hollow: toll, cladhaich, tochail, treachail. 2. shout, hoot: glaodh, éigh, dean iollach.

HOLLOWLY, *adv.* See Hollow, *adj.*

HOLLOWNESS, *s.* 1. Cavity, state of being hollow: còsaichead, còsaiche, falamhachd. 2. deceit, treachery: mealltaireachd, cealgaireachd, neo-sheasmhachd.

HOLLY, *s.* Cuilionn.

HOLLYHOCK, *s.* Ròs mall.

HOLME, *s.* 1. A river-island: eilean amhan. 2. the ilex, the evergreen oak: darach sìor uaine.

HOLOCAUST, *s.* Iobairt loisgte.

HOLOGRPH, *s.* Sgrìobhadh neach féin.

HOLSTER, *s.* Bòsdan daga.

HOLT, *s.* 1. A wood, a grove: coille, coill, doire. 2. a hill: beinn, sliabh.

HOLY, *adj.* 1. Good, pious: naomh, diadhaidh, 2. hallowed: coisrigte. 3. pure, immaculate: glan, foirfe, naomh, neo-thruaillidh. 4. sacred: naomh, beannaichte.

HOLY GHOST, *s.* Spiorad naomh.

HOLY ONE, *s.* Ti naomh.

HOLY-THURSDAY, *s.* Diardaoin naomh.

HOLY-WEEK, *s.* Seachduin na ceusda, seachduin na càisge.

HOLYDAY, *s.* 1. The day of some ecclesiastical festival: latha féill. 2. anniversary feast: cuirm bhliadhnail, féill cheann bliadhna. 4. a day of rest from ordinary occupation: latha fois, latha tàimh.

HOLYDAY, *adj.* 1. Befitting a holyday, gay, cheerful: féileach, cridheil, sunndach. 2. occurring seldom: ainmic, neo-choitchionn.

HOMAGE, *s.* 1. Service paid and fealty professed to a sovereign or superior lord: dligheadh, dligheachas, dleasannas, seirbhis. 2. obeisance, respect paid by external action: ùmhlachd, géill, stroìchdadh.

HOMAGE, *v. a.* Ùmhlaich, strìochd, géill, thoir urram.

HOMAGER, *s.* Iochdaran, gabhaltaiche, fear ìocaidh dhligheadh fearainn.

HOME, *s.* 1. His own house, the private dwelling: dachaidh, tàmh-ionad, àite còmhnuidh, teach, àros. 2. his own country: dùthaich, dachaidh, tìr dùthchais, dùthchas.

HOME, *adv.* 1. To one's own habitation: dachaidh. 2. to one's own country: dachaidh, gu 'thìr dùthchais. 3. close to one's breast or affairs: dachaidh, gu uchd, gu choguis. 4. to the point designed: gu ceann, gu feum.

HOMEBORN, *adj.* Dualach, nàdurra, dùthchasach.

HOMEBRED, *adj.* 1. Native, natural: nàdurra, dualach. 2. not polished by travel, plain, rude: neo-fhìnealta, aineolach, maol, socharach, neo-fhiosrach. 3. domestic, not foreign: dualach, dùthchasach.

HOMEFELT, *adj.* Dìomhair, mothaichte 's a' chridhe.

HOMELESS, *adj.* Gun dachaidh, gun tigh, gun fhàrdoch.

HOMELILY, *adv.* See Homely, *adj.*

HOMELINESS, *s.* Neo-ghrinneas, neo-fhìnealtachd. gairbhead.

HOMELY, *adj.* Neo-ghrinn, neo-fhìnealta, neo-shnasmhor, garbh.

HOMELY, *adv.* See Homely, *adj.*

HOMEMADE, *adj.* Deant' aig an tigh.

HOMER, *s.* Homer, amar, tomhas thrì pinnteann Sasunnach.

HOMESPUN, *adj.* 1. Spun or wrought at home: snìomht', no, dèant' aig an tigh. 2. plain, coarse: garbh, neo-ghrinn, neo-fhìnealta, neo-eireachdail.

HOMESTALL, HOMESTEAD, *s.* Làrach tighe.

HOMEWARD, HOMEWARDS, *adv.* Dachaidh, chun a' bhaile.

HOMICIDE, *s.* 1. Murder: marbhadh, mort, mortadh. 2. destruction: sgrios, dìth-mhilleadh. 3. a murderer: marbhaiche, mortair.

HOMICIDAL, *adj.* Fuilteach, marbhtach, mortach.

HOMILITICAL, *adj.* Còmhraideach, cridheil, companta.

HOMILY, *s.* Searmon.

HOMOGENEAL, HOMOGENEOUS, *adj.* Comh-ghnèitheach, comh-ghnèitheil.

HOMOGENEALNESS, HOMOGENEITY, HOMOGENEOUSNESS, *s.* Comh-ghnèithealachd.

HOMOLOGOUS, *adj.* Ionann, comh-ionann.

HOMONYMY, *adj.* See Equivocal.

HONE, *s.* Clach-fhaobhair, clach-gheurachaidh.

HONE, *v. n.* Sgìthich, gabh fadal air son.

HONEST, *adj.* 1. Upright, true: còir, ionraic, onorach, treibhdhireach, fìreannach. 2. chaste: geamnuidh, glan. 3. just, righteous: ceart, cothromach, dìreach, fìreannach. 4. creditable, honourable: measail, cliùiteach. 5. well-looking, jolly, open: aoidheil, flathail, còir, somalta.

HONESTLY, *adv.* See Honest.

HONESTY, *s.* 1. Justice, truth: ceartas, fìrinn, ionracas, treibhdhireas còir, còireachd. 2. honour, credit: onoir, ceartas. 3. frankness, liberality: saorsa, fiallachd, fiùghantachd.

HONEY, *s.* 1. A thick, viscous, fluid substance sweet to the taste: mil. 2. sweetness, lusciousness: mil, millse, milseachd, milsead. 3. sweet, sweetness, a name of tenderness: gaolach.

HONEY, *v. n.* Bi mil-bhriathrach.

HONEYCOMB, *s.* Cìr-mheala.

HONEY-DEW, *s.* Drùchd meala.

HONEY-MOON, *s.* Mios mheala, mios aighir a' phòsaidh.

HONEY-MOUTHED, *adj.* Mil-bhriathrach.

HONEY-SUCKLE, *s.* Duilliur-feithlean, lus-a-chraois, bainne-ghamhnach.

HONEY-TONGUED, *adj.* Mil-bhriathrach, mìn-bhriathrach.

HONIED, *adj.* Milis, còmhduichte le mil, blasda.

HONORARY, *adj.* Urramach, onorach.

HONOUR, *s.* 1. Dignity, high rank: onoir, urram, àrd-inbhe. 2. reputation, fame: cliù, iomradh, ainm. 3. subject of praise: aobhar molaidh, aobhar cliù. 4. nobleness of mind, magnanimity: onoir, meamnachd. 5. reverence, due veneration: ùmhlachd, onoir. 6. chastity: gloine, geamnuidheachd. 7. dignity of mien: mòrachd, meamnachd. 8. glory, boast: onoir, glòir. 9. public mark of respect: meas, urram. 10. privileges of high rank: mòralachd, tiodal. 11. ornament, decoration: breaghachd. 12. on my *honour*: air m' onoir.

HONOUR, *v. a.* 1. Reverence, regard with veneration: onoraich, cuir urram air. 2. dignify, raise to greatness: àrdaich, urramaich, tog gu urram. 3. glorify: glòirich, urramaich, àrdaich.

HONOURABLE, *adj.* 1. Illustrious, noble: urramach, òirdheirc, uasal, onorach. 2. great, magnanimous, generous: mòr, àrd, fiùghantach. 3. conferring honour: measail, cliùiteach. 4. free from taint, free from reproach: glan, deadh-bheusach, subhailceach. 5. honest, equitable: onorach, ceart, dìreach.

HONOURABLENESS, *s.* Urramachd, onoir, greadhnachas.

HONOURABLY, *adv.* See Honourable.

HONOURER, *s.* Fear-onorachaidh.

HONOURLESS, *adj.* Gun onoir, gun mheas, gun chliù.

HOOD, *s.* Currachd, còmhdach cinn.

HOOD, *v. a.* 1. Dress in a hood: cuir currachd air. 2. blind as with a hood: còmhdaich a shùilean. 3. cover: còmhdaich.

HOODMAN-BLIND, *s.* Dallan-dà.

HOODWINK, *v. a.* 1. Blind with something bound over the eyes: dall, còmhdaich a shùilean. 2. cover, hide: còmhduich, foluich. 3. deceive, impose upon: meall, thoir an car á.

HOOF, *s.* Crodhan, crubh, speir, ionga, ladhar.

HOOFED, *adj.* Crodhanach, speireach, iongach, ladharach.

HOOK, *s.* 1. Any thing bent so as to catch hold: cromag, clìchd, dubhan. 2. the curvated wire on which the bait is hung for fishes: dubhan. 3. a snare, a trap: painntear, gòisne, ribe. 4. an iron to seize the meat in the cauldron: cromag, biorfeòla. 5. a sickle to reap corn: corran, seàrr. 6. any instrument to lop with: seàrr. 7. the part of the hinge fixed to the pot: bùlas. 8. by hook *or crook*: a dheòin no dh' aindeoin.

HOOK, *v. a.* 1. Catch with a hook: clip, glac le dubhan, clichd. 2. entrap, ensnare: clichd, cuir an ribe, cuir an sàs.

HOOKED, *adj.* 1. Bent, curvated: crom, cromagach. 2. furnished with hooks: dubhanach.

HOOKER, *s.* Clichd, greimiche.

HOOKNOSED, *adj.* Crom-shrònach.

HOOKY, *adj.* Dubhanach.

HOOP, *s.* Cearcall, cuairteag.

HOOP, *v. a.* et *n.* 1. Bind or enclose with hoops: cuir cearcall air. 2. encircle, clasp, surround: cuairtich, iomdhruid. 3. drive with a shout: glaodh, sgairtich, éigh. 4. shout: glaodh, éigh, dean ulfhartaich, thoir caismeachd.

HOOPER, *s.* See Cooper.

HOOPING-COUGH, *s.* Triuthach.

HOOT, *v. a.* et *n.* 1. Drive with noise and shouts: sgànraich, fògair, fuadach. 2. shout in contempt: glaodh, éigh, sgairtich. 3. cry as an owl: dean ulfhartaich, goir mar chomhachaig. 4. shout in mirth: glaodh, dean iollach.

HOOT, HOOTING, *s.* Àrd iollach, sgairtich, glaodhaich.

HOP, *v. n.* 1. Dance: danns, leum. 2. jump, skip lightly: leum, dean beiceis, dean frith-leum. 3.

leap on one leg: dean frith-leum, falbh air leth chois. 4. limp: bi bacach, bi crùbach. 5. move, play: gluais, dean mireag, cluich.

Hop, *s.* 1. A jump, a light leap: leum, frith-leum. 2. a plant: searbh-luibh an leanna.

Hope, *s.* 1. Expectation of some good: dòchas, dùil, fiughair. 2. confidence in a future event: dòchas, earbsa, muinghinn. 3. that on which the hopes are fixed: muinghinn, dòchas. 4. any sloping plain between the ridges of mountains: ridhe, raon.

Hope, *v. a.* et *n.* 1. Expect with desire: biodh fiughair agad ri, amhairc air son. 2. live in expectation of some good: biodh fiughair agad. 3. place confidence in another: earb ri, cuir muinghinn ann.

Hopeful, *adj.* Dòchasach, earbsach, muinghinneach.

Hopefully, *adv.* See Hopeful.

Hopefulness, *s.* Deadh choltas, coltas cinneachaidh.

Hopeless, *adj.* An-earbsach, eu-dòchasach, gun mhuinghinn.

Hopelessly, *adv.* See Hopeless.

Hoper, *s.* Fear-fiughair, fear deadh-dhòchais.

Hopingly, *adv.* Gu dòchasach, gu h-earbsach, gu muinghinneach.

Hopper, *s.* 1. One who dances or hops: dannsair, fear-beiceis. 2. the box or open frame of wood into which the corn is put to be ground: treabhailt. 3. a basket for carrying seed: pill.

Horal, *adj.* Uaireil.

Horally, *adv.* See Horal.

Horary, *adj.* Uaireil.

Horde, *s.* Cinneach, muinntir, buidheann luaineach ceathairne, gràisg.

Horizon, *s.* Crìoch-fhradhairc, cuairt nan speur.

Horizontal, *adj.* 1. Near the horizon: dlùth air crich-fhradhairc. 2. parallel to the horizon, on a level: còmhnard, réidh.

Horizontally, *adv.* See Horizontal.

Horn, *s.* 1. The hard bodies which grow on the heads of some graminivorous quadrupeds: adharc, cròc, cabar. 2. an instrument of wind music, first made of horns: adharc ciùil. 3. the extremity of the waxing or waning moon: adharc. 4. the feelers of a snail: adharc. 5. a drinking cup: còrn, cuach.

Horn, *v. a.* Cuir adhaircean air.

Hornbook, *s.* Leabhar chloinne bige, leabhar na h-aibidil.

Horned, *adj.* Adharcach, cabrach, cròcach.

Horner, *s.* Ceàrd.

Hornet, *s.* Coinnspeach.

Horning, *s.* Càrn.

Hornish, *adj.* Cruaidh.

Hornless, *adj.* Gun adhaircean, maol.

Hornowl, *s.* Cailleach-oidhche, comhachag adharcach.

Hornpipe, *s.* Dannsa grad-charach.

Hornspoon, *s.* Spàin-adhairce.

Horny, *adj.* 1. Made of horn, resembling or consisting of horns: adharcach, adharcail. 2. hard as horn, callous: cruaidh mar adharc.

Horography, *s.* Eòlas uairean.

Horologe, } *s.* Uaireadair.
Horology, }

Horoscope, *s.* Suidheachadh nan reul aig àm breith.

Horrible, *adj.* Oillteil, eagalach, uamhasach, gairisneach.

Horribleness, *s.* Oilltealachd, gairistin, uamharrachd.

Horribly, *adv.* See Horrible.

Horrid, *adj.* 1. Hideous: oillteil, eagalach. 2. shocking, offensive: gairistneach, déistinneach, sgreataidh. 3. rough, rugged: garbh, doirbh. 4. gloomy: gruamach, dorch.

Horridly, *adv.* See Horrid.

Horridness, *s.* Oilltealachd, gairistin, uamharrachd.

Horrific, *adj.* Oillteil, gairistneach, uamharr, uamhasach, eagalach.

Horror, } *s.* 1. Terror mixed with detestation:
Horrour, } eagal, uamh-chrith, uamhunn, ballchrith, oillt, oillt-chrith. 2. gloom, dreariness: uamhaltachd, tiamhaidheachd.

Horse, *s.* 1. A neighing quadruped: marc, each. 2. in the plural sense, but with a singular termination for horses or cavalry: eachradh, eachraidh, marcshluagh. 3. a riding *horse:* steud each, each marcachd. 4. take *horse:* marcaich. 5. *horse-face:* aodann mòr.

Horse, *v. a.* et *n.* 1. Mount upon a horse: marcaich, cuir air muin eich. 2. carry on the back: giùlain air do mhuin. 3. ride any thing: marcaich. 4. cover a mare: thoir àigeach do làir. 5. get on horseback: marcaich, rach air muin eich.

Horseback, *s.* Marcachd, muin eich.

Horse-bean, *s.* Pònair each.

Horse-block, *s.* Sorchan.

Horse-boat, *s.* Bàt each, bàt aisig each.

Horseboy, *s.* Each-laoch.

Horsebreaker, *s.* Fear stanndaidh each.

Horsechesnut, *s.* Craobh mhòr gheanm-chnu.

Horsecourser, *s.* Fear-gléidhidh each.

Horsedung, *s.* Innear each.

Horseflesh, *s.* Feòil each.

Horsefly, *s.* Beach, creileag nan each.

Horseguards, *s.* Freiceadan each.

Horsehair, *s.* Gaoisid.

Horselaugh, *s.* Langan gàire, craos ghàire.

Horseleech, *s.* 1. A great leech that bite horses: deal each, geal-tholl. 2. a farrier: each-léigh.

Horselitter, *s.* Eachloinn.

Horseload, *s.* Eallach eich, sac-eich.

Horseman, *s.* 1. One skilled in riding: marcaich. 2. one that serves in war on horseback: saighdear eachraidh. 3. a rider, a man on horseback: marcaich.

Horsemanship, *s.* Marcachd.

Horsemill, *s.* Each-mhuileann.

Horseplay, *s.* Eachrais.

Horse-pond, *s.* Lochan each.

Horserace, *s.* Coimliong each.

Horse-raddish, *s.* Meacan-each, ràcadal.

Horse-shoe, *s.* Crudh.

Horse-stealer, *s.* Gadaich-each.

HORSEWAY, *s.* Each-shlighe.
HORSEWHIP, *s.* Eachlasg.
HORSEWHIP, *v. a.* Cuip, gabhair le eachlasg.
HORTATION, *s.* Comhairleachadh, earalachadh.
HORTATORY, *adj.* Earalach, a' comhairleachadh, a' misneachadh.
HORTICULTURE, *s.* Treabhadh gàraidh, gàradair-eachd.
HORTICULTURIST, *s.* Lios threabhaiche, gàradair.
HOSANNA, *s.* Hosanna, moladh do Dhia.
HOSE, *s.* 1. Breeches: leis-bhrat. 2. stockings, covering for the legs: osan. 3. tartan *hose*: osain chadhaidh.
HOSIER, *s.* Fear-reic osain.
HOSPITABLE, *adj.* Fialaidh, faoilidh, fial, fiùghantach, aoidheil, furanach, fàilteach.
HOSPITABLY, *adv.* See Hospitable.
HOSPITAL, *s.* Tigh dhaoine tinn, tigh tèarmuinn, tigh-eiridinn.
HOSPITALITY, *s.* Aoidheachd, biadhtachd, fialachd.
HOSPITATE, *v. a.* Gabh aoidheachd.
HOST, *s.* 1. One who gives entertainment to another: biadhtach, fear an tighe. 2. the landlord of an inn: fear-tigh òsda. 3. an army: arm, feachd, armailt. 4. any great number: mòr shluagh. 5. the consecrated wafer: gearrag choisrigte. 6. a cough: casad.
HOST, *v. a.* et *n.* 1. Give entertainment to another: thoir biadhtachd, thoir aoidheachd. 2. take up entertainment: gabh biadhtachd. 3. encounter in battle: rach 's a' chòmhrag, còmhraig.
HOSTAGE, *s.* Fear gill, braighde gill.
HOSTELRY, *s.* Tigh-òsda.
HOSTESS, *s.* 1. A female host: ban-bhiataich, bean-tighe. 2. a woman that keeps a house of public entertainment: bean tigh-òsda, ban-ghrùdair.
HOSTILE, *adj.* Nàimhdeil, feargach, eascairdeach.
HOSTILITY, *s.* Nàimhdeas, eascairdeas.
HOSTLESS, *adj.* Neo-fhiallaidh, neo-aoidheil.
HOSTLER, *s.* Each-laoch, gill' each.
HOT, *adj.* 1. Having the power to excite the sense of heat: teth, teinntidh, loisgeach. 2. lustful, lewd: teth, baoiseach, macnusach, bras, colaidh, feòlmhor. 3. violent, furious, dangerous: bras, dian, garg, lasanta. 4. eager, keen in desire: dian, togarrach, deònach. 5. piquant, acrid: goirt, geur.
HOT-BED, *s.* Leaba theth.
HOT-BRAINED, *adj.* Dian, bras, do-cheannsaichte.
HOTCH-POTCH, *s.* Mias iol-ghnèitheach.
HOTCOCKLES, *s.* Dallan-dà.
HOTEL, *s.* Tigh-òsda.
HOT-HEADED, *adj.* Dian, bras, droch-mheinneach, feargach,
HOTHOUSE, *s.* 1. A bagnio, a place to sweat and cup in: tigh-falluis. 2. a brothel: drùis-lann. 3. a house for rearing tender plants, and ripening fruits: tighteth.
HOTLY, *adv.* See Hot.
HOTMOUTHED, *adj.* Garg, rag-mhuinealach, reasgach.
HOTNESS, *s.* Teas, gairgead, ainteas, braise, boile.
HOTSPUR, *s.* 1. A violent and passionate man: fear dian, fear feargach. 2. a kind of peas of speedy growth: peasair luath.
HOTSPURRED, *adj.* Bras, teth, cas, crosda, feargach.
HOVEL, *s.* 1. A shed open at the sides and covered over head: sgàth-thigh. 2. a mean habitation, a cottage: bothan, bruchlag.
HOVEL, *v. a.* Tuinnich am bruchlaig.
HOVER, *v. n.* 1. Hang in the air overhead without flying off one way or other: itealaich, croch os ceann, dean sgiathaireachd. 2. stand in suspense or expectation: bi 'n imcheist, bi 'n ioma-chomh-airle. 3. wander over one place: iadh timchioll air.
HOUGH, *s.* Iosgaid, ioscaid, bac na h-iosgaid.
HOUGH, *v. a.* Geàrr iosgaid, toch.
HOUND, *s.* Gaothar, tollair, cù seilge.
HOUND, *v. a.* 1. Set on the chase: leig na coin. 2. hunt, pursue: sealg, lean, ruaig.
HOUR, *s.* 1. The space of sixty minutes: uair. 2. a particular time: uair, àm. 3. the time as marked by the clock: ùine, aimsir.
HOURGLASS, *s.* Uaireadair gainmhiche, uaireadair-gloine.
HOURHAND, *s.* Làmh nan uairean.
HOURLY, *adj.* Uaireil.
HOURLY, *adv.* Gach uair.
HOUR-PLATE, *s.* Leac uaireadair, clàr uairean.
HOUSE, *s.* 1. A place wherein a man lives: tigh, fàrdoch, teach, tigh-còmhnuidh, 2. any place of abode: tàmh-àit, àite còmhnuidh, àros. 3. monastery, college: mainisdir, tigh cràbhaidh. 4. the manner of living, the table: bòrd. 5. family of ancestors: tigh, teaghlach. 6. the household, the family dwelling in the house: teaghlach. 7. a body of the parliament: tigh.
HOUSE, *v. a.* et *n.* 1. Harbour, admit to residence: cuir a stigh, thoir fasgadh, cuir fuidh dhìon. 2. take shelter: gabh fasgadh, gabh dìon, dean còmhnuidh.
HOUSEBREAKER, *s.* Sùpinneadair thighean, mèirleach.
HOUSEBREAKING, *s.* Bristeadh thighean, spùinneadh thighean.
HOUSEDOG, *s.* Madadh dìon tighe.
HOUSEHOLD, *s.* 1. A family living together: teaghlach, muinntir teaghlaich. 2. family life, domestic management: tigheadas.
HOUSEHOLDER, *s.* Fear-tighe, ceannard-teaghlaich.
HOUSEHOLD STUFF, *s.* Àirneis, àirneis tighe.
HOUSEKEEPER, *s.* 1. Householder: fear-tighe, ceannard-teaghlaich. 2. one who exercises hospitality: biatach. 3. one who lives much at home: fear déigheil air an tigh. 4. a woman servant that has care of a family: ban-stiùbhart.
HOUSEKEEPING, *s.* Beanas-tighe, beanachas-tighe.
HOUSELAMB, *s.* Uan biadhta.
HOUSELEEK, *s.* Creamh-gàraidh.
HOUSELESS, *adj.* Gun tigh, gun áite-còmhnuidh.
HOUSEMAID, *s.* Ban-oglach, maighdean sheòmair.
HOUSEROOM, *s.* Aite 's an tigh.
HOUSE-WARMING, *s.* Cuirm tùs tigheadais, teasachadh tighe.
HOUSEWIFE, *s.* 1. The mistress of a family: bean-

tìghe. 2. a female economist: tè ghrunndail, tè eòlach air beanas-tighe.

HOUSEWIFERY, *s.* Beanas-tighe, beanachas tighe, deadh riaghladh teaghlaich.

HOUSING, *s.* 1. Quantity of inhabited building: aitreabh, àireamh thighean. 2. any habitation: tigh, àros, àite còmhnuidh. 3. ornamental cloth added to saddles: aodach dìolaide.

HOW, *adv.* 1. In what manner, to what degree: cia mar, ciod e co fhad, cia cho mòr. 2. in what manner: cia mar, ciod an dòigh, cionnas. 3. for what reason: cia air son, c' ar son, ciod an t-aobhar. 4. for what price: cia uiread. 5. by what means: ciod an dòigh, cia mar. 6. in what state: cia mar, ceamar.

HOWBEIT, *adv.* Gidheadh.

HOWDY, *s.* Bean-ghlùin.

HOWD'YE, *adv.* Cia mar a tha sibh.

HOWEVER, *adv.* 1. In whatsoever manner: ge be 'sam bith, ciod air bith an dòigh. 2. at all events: co dhiubh, air aon chor. 3. nevertheless: gidheadh.

HOWL, *v. n.* 1. Cry as a wolf or dog: sgal, dean ulfhartaich, dean comhartaich, dean donnalaich. 2. utter cries in distress: dean gul éigheach, sgal, ràin. 3. speak with a belluine cry or tone: dean burral.

HOWL, *s.* 1. The cry of a wolf or dog: donnal, sgal. 2. the cry of a human being in distress: burral, ràn, raoichd, gul éigheach, sgal.

HOWLET, *s.* See Owl.

HOWLING, *s.* 1. The cry of a wolf or dog: donnalaich, sgalartaich, comhartaich. 2. the cry of one in distress: burral, ràn, raoichd, sgal, ulfhartaich. 3. any loud or horrid noise: ulfhartaich.

HOWSOEVER, *adv.* See However.

HOX, *v. a.* See Hough.

HOY, *s.* Long bheag.

HUBBUB, *s.* 1. A shout, a shriek: glaodh, iolach, gàir. 2. a tumult, a riot: buaireas, othail, mi-riaghailt, ùparaid, aimhreit.

HUCKLE, *s.* Leis, sliasaid.

HUCKLEBACKED, *adj.* Crotach, crom-shlinneanach.

HUCKLEBONE, *s.* Cruman.

HUCKSTER, } *s.* 1. A pedlar: marsanta màileid.
HUCKSTERER, } 2. a trickish, mean fellow: fear mhi-chleasan, fear carach.

HUCKSTER, *v. n.* Bi ri frith-cheannachd.

HUDDLE, *v. a.* et *n.* 1. Dress up close so as not to be discovered: tarruing t-aodach mu d' chluasan. 2. put on carelessly in a hurry: cuir ort an cabhaig, cuir umad gun dòigh. 3. perform in a hurry: dean cabhagach. 4. throw together in confusion: cuir thar a chéile, tilg air muin a chéile. 5. come in a crowd or hurry: dòmhlaich, thig muin air mhuin.

HUDDLE, *s.* Dòmhladas, aimhreit, mi-riaghailt, buaireas.

HUDDLER, *s.* Breòclair.

HUE, *s.* 1. Colour, die: dath, dreach, neul, tuar. 2. a clamour: iolach, éigheach, glaodhaich.

HUER, *s.* Fear-glaodhaidh, fear-gairm.

HUFF, *s.* 1. A swell of sudden anger or arrogance: dod, sroineas, stuirt. 2. a wretch swelled with a false opinion of his own value: fear spagluinneach, gàrlach beadaidh.

HUFF, *v. a.* et *n.* 1. Swell, puff: séid, at, bòchd. 2. treat with insolence: bagair, maoidh, sgeig. 3. bluster, swell with indignation or pride: séid suas, at le àrdan.

HUFFER, *s.* See Bully.

HUFFISH, *adj.* Uaibhreach, àrdanach, bagarrach, sgeigeil.

HUFFISHLY, *adv.* See Huffish.

HUFFISHNESS, *s.* Uaibhreachas, àrdan, bagarrachd, stuirtealachd.

HUG, *v. a.* 1. Press close in an embrace, fondle: achlaisich, glac gu caidreach, caidrich, fàiltich, caomhaich, pòg, cniadaich. 2. hold fast: greimich, glac teann. 3. gripe in wrestling: greimich, teannaich. 4. applaud or congratulate one's self on account of supposed advantage or superiority: féin-mhol, féin-chaidrich.

HUG, *s.* 1. Close embrace: glacadh caidreach, caidreamh, fàilt, cniadachadh, caomhachadh. 2. a gripe in wrestling: teann ghreim, teann-ghlacadh.

HUGE, *s.* Mòr, anabarrach mòr, neo-chuimseach, gailbheach, aibheasach.

HUGELY, *adv.* See Huge.

HUGENESS, *s.* Meudachd, ana-cuimse, anabarrachd.

HUGGERMUGGER, *s.* Dìomhaireachd, àit' os 'n iosal.

HUGY, *adj.* See Huge.

HUKE, *s.* Cleòc.

HULCH, *s.* Meall, cnap, pait.

HULCH-BACKED, *adj.* Crotach.

HULCHY, *adj.* Meallach, cnapach, paiteach.

HULK, *s.* 1. A ship, a vessel of burden: soitheach, tàrlaid luinge. 2. the body of a ship: slige, no com luinge. 3. any thing bulky and unwieldy: dreall, sgom.

HULL, *s.* 1. The husk or integument of any thing: cochull, rùsg, plaosg. 2. the body of a ship: slige, no com soithich.

HULL, *v. a.* et *n.* 1. Peel off the hull or husk of any thing: rùisg, plaosg. 2. float: snàmh air fleodradh.

HULLY, *adj.* Cochullach, plaosgach, rùsgach.

HUM, *v. n.* 1. Applaud: mol, àdhmhol. 2. sing low: dean dùrdail, dean torman. 3. cause to hum or make a dull noise: thoir srann air. 4. impose upon a person: thoir an car á. 5. make an inarticulate and buzzing sound: srann, dean crònan. 6. pause in speaking, and supply the interval with an audible emission of breath: bi teabadaich, dean gagail.

HUM, *s.* 1. The noise of bees or insects: srann, dranndan, gair sheilein. 2. any low confused noise: dranndan, crònan, srann, torman. 3. a pause with an inarticulate sound: seamsan, teabadaich. 4. an expression of applause: gàir aoibhinn. 5. a jest: car àbhachdach.

HUMAN, *adj.* Daonna, daonndach, saoghalta, talmhaidh.

HUMANE, *adj.* Daonna, daonndach, bàigheil, caomh,

seirceil, truacanta, tròcaireach, caoimhneil, daonnairceach.

HUMANELY, *adv.* See Humane.

HUMANIST, *s.* Fear eòlach an teangan, no 'n cainntibh.

HUMANITY, *s.* 1. The nature of a man: daonnachd, nàdur duine, nàdur a' chinne-dhaoine. 2. humankind, the collective body of mankind: cinne-daoine. 3. benevolence, tenderness: daonnachd, bàighealachd, truacantachd, cneasdachd, acarachd, fiùghantachd. 4. philology, grammatical studies: ionnsachadh theangan.

HUMANISE, *v. a.* Ciùinich, callaich, dean soirbh, dean daonndach.

HUMANKIND, *s.* Cinne-daoine, cinneadh daoine.

HUMANLY, HUMANELY, *adv.* See Human and Humane.

HUMATION, *s.* Adhlacadh.

HUMBIRD, *s.* An t-eun dranndanach.

HUMBLE, *adj.* 1. Not proud, modest, not arrogant: iriosal, ùmhal, neo-stràiceil, mallda, sèimh. 2. low, not high: ìosal, an-uasal.

HUMBLE, *v. a.* 1. Make humble or submissive: irislich, ioraslaich, islich, ùmhlaich. 2. crush, break, subdue: cìosnaich, ùmhlaich, sàruich, claoidh, thoir fuidh smachd. 3. make to condescend: irioslaich, ùmhlaich, thoir gu strìochdadh. 4. bring down from an height: ìslich, thoir a ùuas.

HUMBLEBEE, *s.* Seillean srannach an achaidh.

HUMBLEMOUTHED, *adj.* Ciùin, sàmhach, macanta.

HUMBLENESS, *s.* See Humility.

HUMBLING, *s.* See Humiliation.

HUMBLY, *adv.* See Humble.

HUMBUG, *s.* Bladhastaireachd.

HUMDRUM, *adj.* Trom-cheannach, umpadail.

HUMECT, HUMECTATE, *v. a.* Fliuch, uisgich, bogaich, taisich.

HUMECTATION, *s.* Fliuchadh, uisgeachadh, taiseachadh, bogachadh.

HUMECTIVE, *adj.* Fliuch, tais, bog, àitidh.

HUMERAL, *adj.* Guaillneach.

HUMICUBATION, *s.* Luidhe air an talamh.

HUMID, *adj.* Àitidh, tais, bog, fliuch, uisgidh.

HUMIDITY, *s.* Fliche, flichead, àitidheachd.

HUMILIATION, *s.* Descent from greatness: irioslachd, irioslachadh, ìsleachadh. 2. mortification: irioslachadh, ùmhlachadh, ìsleachadh. 3. abatement of pride: irioslachadh, ùmhlachadh, ìsleachadh.

HUMILITY, *s.* Irioslachd, ùmhlachd, ìsleachadh.

HUMMING, *s.* Dranndail, tormanaich.

HUMORIST, *s.* 1. One who conducts himself by his own fancy: fear macnusach, fear air a chomhairle féin, fear gun srian. 2. one that has odd conceits: fear neònach, fear mac-mheanmnach. 3. a wag, a droll: fear-àbhachdach, àmhuilteach.

HUMOROUS, *adj.* 1. Moist, humid, damp: àitidh, fliuch. 2. full of grotesque or odd images: neonach. 3. capricious, irregular: luaineach luasganach, leumnach, neo-riaghailteach. 4. pleasant, jocular: aighearach, sùgach, àbhachdach, ain-cheardach.

HUMOROUSLY, *adv.* See Humorous.

HUMOROUSNESS, *s.* 1. Ficklness, capricious levity: luasganachd, luaineachd, iomluathas. 2. jocularity: ain-cheardachd, àbhachd, cridhealas. 3. petulance, peevishness: frionas, frithearachd.

HUMORSOME, *adj.* 1. Peevish, petulant: frithearra, frionasach, crosda, connusach. 2. odd, humourous: neònach, luaineach, luasganach.

HUMORSOMELY, *adv.* See Humorsome.

HUMOUR, *s.* 1. Moisture: fliche. 2. the different kind of moisture in man's body: leann-tàth. 3. general turn or temper of mind: càil, càileachd nàdur. 4. present disposition: nàdur, aomadh inntinn, barail. 5. jocularity, merriment: àbhachd, fearas-chuideachd, aincheard, cridhealas, sùgradh. 6. tendency to disease, morbid disposition: ilteachd. 7. petulance, peevishness: frionas, frithearrachd. 8. a trick, a practice: cleachdadh, cleas. 9. caprice, whim: dod, stuirt.

HUMOUR, *v. a.* 1. Gratify: toilich, taitinn. 2. fit, comply with: géill, striochd.

HUMP, *s.* Pait, meall, fliodh, croit.

HUMPBACK, *s.* Croit, druim crotach.

HUMPBACKED, *adj.* Crotach.

HUNCH, *v. a.* Puc, mulc, cuir croit air.

HUNCH, *s.* 1. A blow, a punch: upag, pucach. 2. a hump, a bunch: meall, cnap, pait.

HUNCHBACKED, *adj.* Crotach, paiteach.

HUNDRED, *adj.* Ceud, ciad, cùig fichead.

HUNDRED, *s.* 1. A company consisting of an hundred: buidheann cheud. 2. a canton or division of a country: earrann dùthcha, sgìreachd.

HUNDREDTH, *adj.* An ceudamh, ceudamh.

HUNG, *part.* Crochta.

HUNGER, *s.* 1. Desire of food: ocras, acras, cion bìdh. 2. any violent desire: cìocras, miann.

HUNGER, *v. a.* et *n.* 1. Famish: reang, cuir a' ghort ann. 2. feel the pain of hunger: bi air ocras, bi acrach, no, ocrach. 3. desire with great eagerness, long: miannaich, biodh cìocras ort.

HUNGERBIT, HUNGERBITTEN, *adj.* Ocrach, air ocras.

HUNGERLY, *adj.* See Hungry.

HUNGERSTARVE, *v. a.* Reang, caolaich le ocras.

HUNGERSTARVED, *adj.* Cìocrach, acrach, ocrach, reangach, gortach.

HUNGRED, *adj.* Acrach, ocrach, air ocras, cìocrach.

HUNGRILY, *adv.* See Hungry.

HUNGRY, *adj.* 1. Feeling pain from want of food: acrach, acrasach, ocrach. 2. not fat, not fruitful: caol, bochd, seasg, neo-thorach.

HUNKS, *s.* Daormunn, fear-mìodhoir, spìocair.

HUNT, *v. a.* et *n.* 1. Chace wild animals: sealg, dean fiadhach. 2. pursue, follow close: sealg, ruaig, dlùth-lean. 3. search for: rannsaich, sgrùd. 4. direct or manage hounds in the chace: stiùir lothain chon, sealg le coin. 3. follow the chace: sealg, dean sealgaireachd.

HUNT, *s.* 1. A huntsman: sealgair, fiadhaiche. 2. a pack of hounds: pannal chon seilg. 3. a chase: sealg, fiadhach, faoghaid. 4. pursuit: ruaig, sealg, faoghaid.

Hunter, *s.* 1. One who chases animals for pastime or food: sealgair, eunadair, fiadhaiche. 2. a dog that scents game or beasts of prey: cù seilge, 3. a hunting horse: each seilge, each sealgaireachd.

Hunting. *s.* Sealgaireachd, sealg, fiadhach.

Huntinghorn, *s.* Adharc, no dùdach seilge.

Huntress, *s.* Ban-sealgair.

Huntsman, *s.* 1. One who delights in the chace: sealgair, fiadhaiche. 2. the servant whose office it is to manage the chace: gille seilge.

Hurdle, *s.* Càrn-slaodaidh, slaod, loban, cliath, cliabh.

Hurdle, *v. a.* Figh mar chliabh.

Hurds, *s.* Ascart, pap.

Hurl, *v. a.* et *n.* 1. Throw with violence, drive ìmpetuously: tilg, tilg sìos, iomain, cuibhill. 2. utter with vehemence: labhair cabhagach, bruidhinn luath. 3. play at a kind of game: rol. 4. move rapidly, whirl: dean cuartalan, ruith mu 'n cuairt.

Hurl, *s.* 1. The act of casting or throwing: tilgeadh, toirt urchair. 2. tumult, riot: iorghuill, tuasaid, sabaid.

Hurler, *s.* 1. One who throws or hurls: fear-tilgidh, fear-cuidhlidh. 2. one that plays at hurling: fear-rolaidh.

Hurly, Hurlyburly, *s.* Buaireas, ùparaid, eachrais, othail, iomairt.

Hurricane, Hurricano, *s.* Doinionn, stoirm, gaillionn, an-uair, iomaghaoth.

Hurrier, *s.* Fear-greasaidh, fear-deifreachaidh.

Hurry, *v. a.* et *n.* 1. Hasten: greas, luathaich, deifrich. 2. move on with precipitation: deifrich, greas, dean cabhag.

Hurry, *s.* Cabhag, deifir, buaireas, othail.

Hurst, *s.* Doire, badan coille.

Hurt, *v. a.* 1. Mischief, harm: ciùrr, dochainn. 3. wound, pain by some bodily harm: ciùrr, goirtich, cràidh, leòn, lot. 3. damage, impair: dochainn, mill, dean dochair air.

Hurt, *s.* 1. Harm, mischief: dochann, ciurram ciùrradh. 2. wound or bruise: lot, bruthadh, leòn. 3. injury, wrong: coire, cron, dochair.

Hurter, *s.* Fear ciùrraidh.

Hurtful, *adj.* Cronail, dochannach, docharach, aimhleasach, millteach, dòlach.

Hurtfully, *adv.* See Hurtful.

Hurtfulness, *s.* Cronalachd, dosgaidheachd.

Hurtle, *v. a.* et *n.* 1. Push with violence: pùc, ùp, mulc. 2. move with violence or velocity, brandish: cuir 'n a shiubhal, cuir mu chuairt. 3. clash, skirmish: ruith le straighlich, saighead. 4. clash, rattle: dean straighligh, dean gliongarsaich. 5. rush forward: thoir ruathar. 6. wheel round, turn about quickly: tionndaidh mu chuairt, cuir car dhiot.

Hurtleberry, *s.* Dearcag choille.

Hurtless, *adj.* 1. Innocent, harmless: neo-chronail, neo-lochdach, neo-chiontach. 2. receiving no hurt: sàbhailte, tèaruinte.

Hurtlessly, *adv.* See Hurtless.

Husband, *s.* 1. A man married to a woman: fear-pòsda, companach, céile, fear, duine. 2. the male of animals: fear. 3. an economist, (its signification is modified by some epithet implying good or bad): fear-tighe. 4. a tiller of the ground, a farmer: tuathanach, treabhaiche.

Husband, *v. a.* 1. Supply with an husband: thoir fear dith. 2. manage with frugality: dean deadh fhearas-tighe, caomhain. 3. till: treabh.

Husbandless, *adj.* Gun fhear, gun duine, gun fhear-pòsda.

Husbandly, *adj.* Caonntach, gnìomhach cùramach, gléidhteach.

Husbandman, *s.* Treabhaiche, tuathanach, fear-treabhaidh.

Husbandry, *s.* 1. Tillage: tereabhadh, àr, tuathanachas. 2. thrift, frugality: fearas-tighe, caomhnadh.

Hush, *interj.* Ist, uist.

Hush, *v. a.* et *n.* 1. Still, silence: cuir sàmhach, cuir tosdach, caisg. 2. hush *up*: mùch. 3. be still, be silent: bi sàmhach, bi tosdach.

Hush, *adj.* Sàmhach, tosdach, balbh.

Hushmonéy, *s.* Brìob, duais air son a bhi sàmhach.

Husk, *s.* Cochull, rùsg, plaosg, mogul.

Husk, *v. a.* Plaosg, rùisg, sgil.

Husked, *adj.* Cochullach, rùsgach, plaosgach.

Husky, *adj.* 1. Abounding in husks, consisting of husks: cochullach, rùsgach, plaosgach. 2. hoarse: garbh, reasgach, fròmhaidh.

Hussy, *s.* Baobh, dubh-chaile, sgleòid, botrumaid.

Hustings, *s.* A council, a court held: mòd, cùirt, coinneamh. 2. the place of meeting to choose a member of parliament: cùirt' a' mhòid.

Hustle, *v. a.* Crath an ceann a chéile, coimeasg.

Huswife, *s.* See Housewife.

Huswife, *v. a.* Dean deadh bheanas-tighe.

Huswifely, *adj.* Glèidhteach, cùramach, glic.

Huswifery, *s.* Beanas-tighe, beanachas-tighe.

Hut, *s.* Bothan, bruchlag.

Hutch, *s.* Ciste shìl, ciste choirce.

Hutch, *v. a.* Taisg, cuir seachad, càrn suas.

Huzz, *v. n.* See Buzz.

Huzza, *interj.* Husà.

Huzza, *s.* Gàir, comh-ghàir, iollach.

Huzza, *v. a.* et *n.* 1. Receive or attend with acclamation: fàiltich, altaich a bheatha, dean comh-ghàir. 2. utter exclamation: glaodh, gàir.

Hyacinth, *s.* 1. A flower: seòrsa neòinein. 2. a gem: clach iacint.

Hyaline, *adj.* Do ghloine.

Hydatides, *s.* Builgean uisge.

Hydra, *s.* Uile-bheist ioma-cheannach.

Hydraulics, *s.* Eòlas air tarruing uisge tre phìoban.

Hydrocele, *s.* Meud-bhronn.

Hydrocephalus, *s.* Uisge 's a' cheann.

Hydrographer, *s.* Fear-tarruing dealbh na mara.

Hydrography, *s.* Muir-sgrìobadh, muir-eòlas.

Hydromancy, *s.* Fàisneachd le uisge.

Hydromel, *s.* Mil is uisge.

Hydrometer, *s.* Meidh uisge.

Hydrophobia, *s.* Galar a' choin chuthaich.

Hydropical, *adj.* Air am bheil a' mheud-bhronn.

HYDROSTATICS, *s.* Eòlas tomhais uisge.
HYDRUS, *s.* Nathair uisge.
HYEMAL, *adj.* Geamhrachail, geamhrail.
HYENA, *s.* Iena, ainmhidh fiadhaich mar mhadadh-alluidh.
HYGROMETER, *s.* Meidh-fhliche.
HYMEN, *s.* 1. The god of marriage: dia a' phòsaidh. 2. the virginal membrane: maighdeanas.
HYMENEAL, HYMENEAN, *s.* Òran bainnse, òran pòsaidh.
HYMENEAL, HYMENEAN, *adj.* Pòsachail, a bhuineas do phòsadh.
HYMN, *s.* Laoidh, òran naomh, dàn spioradail.
HYMN, *v. n.* et *n.* 1. Praise in song: mol, no cliùthaich le laoidhean. 2. sing songs of adoration: seinn laoidhean, seinn dàna spioradail.
HYP, *v. a.* Mi-mhisnich, cuir fuidh sprochd.
HYPERBOLE, *s.* Aibheiseachadh, spleadhachas, spleadh.
HYPERBOLICAL, *adj.* Spleadhach.
HRPERBOLICALLY, *adv.* See Hyperbolical.
HYPERBOLIST, *s.* Spleadhadair.
HYPERBOLIZE, *v. a.* Aibhsich.
HYPERBOREAN, *adj.* Tuath, tuathach.
HYPERCRITIC, *s.* Cronadair min, cronadair sgaiteach.
HYPERMETER, *s.* Ni thar an tomhas.
HYPERSARCOSIS, *s.* Fàs aimhfheòil, anabarr ainfheòil.
HYPHEN, *s.* Comharradh ceangail fhoclan.
HYPNOTIC, *s.* Ioc-shlaint chodail.
HYPOCHONDRIA, *s.* Leann-dubh, trom-ghean, trom-inntinn.
HYPOCHONDRIAC, HYPOCHONDRIACAL, *adj.* Fuidh leann-dubh, trom-inntinneach, airtnealach.
HYPOCHONDRIAC, *s.* Neach air am bheil an leann-dubh.
HYPOCHONDRIACISM, *s.* Leann-dubh, trom-ghean.
HYPOCRISY, *s.* Cealgaireachd, cealg, mealltaireachd, foill, fuar-chràbhadh.
HYPOCRITE, *s.* Cealgair, mealltair.
HYPOCRITICAL, *adj.* Cealgach, mealltach, fallsa.
HYPOCRITICALLY, *adv.* See Hypocritical.
HYPOSTASIS, *s.* Pearsa, bith.
HYPOSTATICAL, *adj.* Pearsanta.
HYPOSTATICALLY, *adv.* See Hypostatical.
HYPOTENUSE, *s.* Taohh fada thri-oisinneig.
HYPOTHECATE, *v. a.* Thoir an geall.
HYPOTHESIS, *s.* Barail, barail gun dearbhadh.
HYPOTHETICAL, *adj.* Baralach.
HYPOTHETICALLY, *adv.* See Hypothetical.
HYSSOP, *s.* Hisop.
HYSTERICAL, *adj.* Ospagach, air am bheil tinneas nan neul.
HYSTERICS, *s.* Tinneas nan neul, tinneas paiseanach nam ban.

JAC

I, *pron.* Mi, *emph.* mise. *pl.* Sinn, *emph.* Sinne.
JABBER, *v. n.* See Gabble.
JABBERER, *s.* See Gabbler.
JABBERMENT, *s.* See Prate, *s.*
JACENT, *adj.* Sìnteach, 'n a shìneadh.
JACINTH, *s.* 1. See Hyacinth. 2. a gem: iacint.
JACK, *s.* 1. A man's name: Ian, Seoc. 2. an instrument to pull off boots: greimiche-bhòt. 3. an engine which turns the spit: racais, ceann-carach. 5. a young pike: geadasan. 5. a coat of mail: lùireach-mhàilich. 6. a harpsichord: inneal-ciùil. 7. a support to saw wood on: sorchantuirisg. 8. the colours of a ship: bratach loinge.
JACK BOOTS, *s.* Coisbheart-chogaidh.
JACK WITH A LANTERN, *s.* See Ignis Fatuus.
JACKALENT, *s.* Blaghastar-balaich, luspardan.
JACKAL, *s.* Fear-solair an leòmhainn.
JACKANAPES, *s.* 1. A monkey, ape: apa. 2. a coxcomb, an impertinent: bùban, peasan.
JACK-ASS, *s.* Asal fhirionn.
JACKDAW, *s.* Cathag-fhirionn, coileach cathaig.
JACKET, *s.* Peiteag mhuilichinneach, deacaid.
JACKETED, *adj.* Peiteagach.

JAG

JACOBIN, *s.* 1. A grey or white friar: manach glas. 2. one of a certain execrable faction: fear-ceannairc, fear-àr a mach.
JACOBIN, JACOBINICAL, *adj.* Ceannairceach, buaireasach.
JACOBINE, *s.* Columan cìreanach.
JACOBITE, *s.* Fear-leanmhuinn teaghlach nan Stiùbhardach.
JACKSMITH, *s.* Gobha racais.
JACKTANCY, *s.* Spagluinneachd.
JACTITATION, *s.* Anradh, iom-luasgadh.
JACULATION, *s.* Tilgeadh, caitheadh.
JACULATORY, *adj.* Tilgeach, urchurach.
JADE, *s.* 1. A horse of no spirit: sean-each. 2. a sorry woman: caile. 3. See Jasper.
INCOGITABLE, *adj.* Neo-smuainteachail.

INCOGITANCY, *s.* Di-smuaine.

INCOGITANT, *adj.* Neo-smuainteach, neo-aireil.

INCOGITANTLY, *adv.* See Incogitant.

INCOGITATIVE, *adj.* Lag-inntinneach.

INCOGNITO, *adv.* See Incog.

INCOHERENCE, } *s.* 1. Want of cohesion, looseness
INCOHERENCY, } of material parts: neo-leanailteachd, fuasgailteachd. 2. want of connection, incongruity: neo-aontachas, eas-cordadh, brolaich.

INCOHERENT, *adj.* 1. Loose, not fixed to each other: fuasgailte, sgaoilte, neo-cheangailte. 2. want of connection, incongruity: neo-fhreagarrach, neo-aontachail, baoth.

INCOHERENTLY, *adv.* See Incoherent.

INCOMBUSTIBILITY, *s.* Neo-loisgeachd, neo-loisgeantachd.

INCOMBUSTIBLE, *adj.* Neo-loisgeach, neo-lasanta.

INCOMBUSTIBLENESS, *s.* See Incombustibility.

INCOME, *s.* Teach a steach, tighinn a stigh, lòn bliadhnail, beathachadh, buannachd.

INCOMMENSURABLE, } *adj.* Do-thomhaiste r' a chéile.
INCOMMENSURATE, }

INCOMMODATE, } *v. a.* Amail, cuir dragh air, bac,
INCOMMODE, } trioblaidich.

INCOMMODIOUS, *adj.* Neo-ghoireasach, neo-fhreagarrach, draghail, ana-goireasach.

INCOMMODIOUSLY, *adv.* See Incommodious.

INCOMMODIOUSNESS, *s.* Neo-ghoireasachd, neo-fhreagarrachd, draghalachd, ana-goireasachd.

INCOMMODITY, *s.* See Incommodiousness.

INCOMMUNICABILITY, *s.* Neo-phàirtidheachd.

INCOMMUNICABLE, *adj.* Do-phàirteachaidh, do-bhuileachaidh, do-labhairt.

INCOMMUNICABLENESS, *s.* See Incommunicability.

INCOMMUNICABLY, *adv.* See Incommunicable.

INCOMMUNICATED, *adj.* Neo-phàirtichte.

INCOMMUNICATING, *adj.* Neo-chompanta, neo-chomunnach.

INCOMMUTABLE, *adj.* Do-chaochlaidheach.

INCOMMUTABILITY, *s.* Do-chaochlaidheachd.

INCOMPACT, } *adj.* Fuasgailte, sgaoilte, neo-
INCOMPACTED, } cheangailte.

INCOMPARABLE, *adj.* Gun choimeas, neo-choimeasach, òirdheirc, ro-òirdheirc.

INCOMPARABLENESS, *s.* Neo-choimeasachd, ro-òirdheirceas.

INCOMPARABLY, *adv.* See Incomparable.

INCOMPASSIONATE, *adj.* An-tròcaireach, neo-thruasail, neo-thlusail, cruaidh-chridheach.

INCOMPASSIONATELY, *adv.* See Incompassionate.

INCOMPATIBILITY, *s.* Neo-sheasmhachd, neo-fhreagarrachd.

INCOMPATIBLE, *adj.* Neo-sheasmhach, neo-fhreagarrach.

INCOMPATIBLY, *adv.* See Incompatible.

INCOMPETENCY, *s.* Neo-chomas, neo-urrainneachd, neo-mhurrachas.

INCOMPETENT, *adj.* Neo-chomasach, neo-urrainneach, neo-mhurrach.

INCOMPETENTLY, *adv.* See Incompetent.

INCOMPLETE, *adj.* Neo-choimhlionta, neo-iomlan, neo-fhoirfe.

INCOMPLETENESS, *s.* Neo-choimhliontachd, neo-iomlanachd, neo-fhoirfeachd.

INCOMPLIANCE, *s.* 1. Untractableness, contradictious temper: raige, reasgachd, crosdachd. 2. refusal of compliance: diùltadh.

INCOMPOSED, *adj.* Neo-shuidhichte, neo-fhoisneach, an-shocrach, neo-stòlda.

INCOMPREHENSIBILITY, *s.* Do-thuigsinneachd.

INCOMPREHENSIBLE, *adj.* Do-thuigsinneach, do-mheasraichte.

INCOMPREHENSIBLENESS, *s.* See Incomprehensibility.

INCOMPREHENSIBLY, *adv.* See Incomprehensible.

INCOMPREHENSION, *s.* Neo-thuigse.

INCOMPREHENSIVE, *adj.* Neo-fharsuing.

INCOMPRESSIBLE, *adj.* Do-theannachaidh, do-fhàsgaidh, neo-theanntachail.

INCOMPRESSIBILITY, *s.* Do-theannachaidheachd, do-fhàsgaidheachd.

INCONCURRING, *adj.* Neo-aontachail, eas-còrdach.

INCONCEALABLE, *adj.* Neo-fholuichte, do-fholachaidh.

INCONCEIVABLE, *adj.* Do-mheasrachaidh, do-baralachaidh, do-smuaineachaidh, do-thuigsinn.

INCONCEIVABLY, *adv.* See Inconceivable.

INCONCINNITY, *s.* Neo-ghrinneas, an-dealbhachd.

INCONCLUSIVE, *adj.* Neo-chinnteach, neo-eagnaidh.

INCONCLUSIVELY, *adv.* See Inconclusive.

INCONCLUSIVENESS, *s.* Neo-chinnteachd, neo-eagnaidheachd.

INCONCOCT, } *adj.* An-abuich, neo-choimhlionta,
INCONCOCTED, } neo-dheas.

INCONCOCTION, *s.* Neo-abuicheachd, neo-choimhliontachd, neo-dheasachd.

INCONCUSSIBLE, *adj.* Neo-chrathaidh, neo-gluasadach.

INCONDITE, *adj.* Neo-riaghailteach, neo-dhòigheil, mi-dhòigheil.

INCONDITIONAL, *adj.* Neo-chùmhnantach, gun chumha.

INCONDITIONATE, *adj.* See Inconditional.

Inconformity, *s.* Neo-aontachd, mi-aontachd, neo-lùbadh.

Inconfused, *adj.* Riaghailteach, dòigheil, seasmhach.

Incongruence, *s.* Neo-fhreagarrachd, neo-riaghailt.

Incongruent, *adj.* Neo-fhreagarrach, neo-riaghailteach.

Incongruity, *s.* 1. Unsuitableness of one thing to another: neo-fhreagarrachd, eu-coslas. 2. inconsistency, impropriety: neo-sheasmhachd, mi-iomchuidheachd. 3. disagreement of parts, want of symmetry: neo-ghrinneas, neo-uidheam.

Incongruous, *adj.* 1. Unsuitable, not fitting: neo-fhreagarrach, neo-chubhaidh, mi-iomchuidh. 2. inconsistent, absurd: neo-sheasmhach, eu-céillidh.

Incongruously, *adv.* She Incongruous.

Inconnexion, *s.* An-dàimh, neo-dhàimh, neo-cheangaltas.

Inconcionable, *adj.* Neo-choguiseach.

Inconsequence, *s.* Neo-dhearbhachd.

Inconsequent, *adj.* Neo-dhearbhta.

Inconseqential, *adj.* Neo-eagnaidh, neo-chuimseach.

Inconsiderable, *adj.* Neo-thoirteil, beag-seadhach, suarach, neo-luachmhor, neo-airidh.

Inconsiderableness, *s.* Neo-thoirtealachd, suarachas, neo-beachdmhorachd, neo-airidheachd.

Inconsideracy, *s.* Neo-aire, neo-shùim, neo-chùram.

Inconsiderate, *adj.* Neo-aireil, neo-chùramach, dearmadach, neo-smuainteachail.

Inconsiderately, *adv.* See Inconsiderate.

Inconsiderateness, *s.* Neo-airealachd, neo-chùramachd, dearmad, neo-smuaintealachd.

Inconsideration, *s.* See Inconsiderateness.

Inconsistence, } *s.* Neo-sheasmhachd, mi-chòrdach,
Inconsistency, } mi-fhreagarrachd, neo-aontachd, neo-chubaidheachd.

Inconsistent, *adj.* Neo-sheasmhach, neo-fhreagarrach, neo-aontachail, neo-chubhaidh.

Inconsistently, *adv.* See Inconsistent.

Inconsolable, *adj.* Do-bhrònach, dubh-bhrònach, nach gabh còmhfhurtachd.

Inconsonancy, *s.* 1. Disagreement with itself: See Inconsistency. 2. disagreeableness in a sound: neo-fhonnmhorachd.

Inconstancy, *s.* 1. Unsteadiness, mutability of temper or affections: caochlaidheachd, iom-luathas, luaineachas, neo-bhunailteachd, neo-sheasmhachd. 2. diversity, dissimilitude: eu-coslas, neo-chòrdachd.

Inconstant, *adj.* Caochlaidheach, iom-luath, luaineach, neo-bhunailteach, neo-sheasmach, eutrom.

Inconstantly, *adv.* See Inconstant.

Inconsumable, *adj.* See Inconsumptible.

Inconsummate, *adj.* Neo-choimhlionta, neo-fhoirfe.

Inconsumptible, *adj.* Do-chaitheamh, neo-loisgeach, do-dhìthichte.

Incontestable, *adj.* Do-àicheidh, do-chur an aghaidh, daingean.

Incontestably, *adv.* See Incontestable.

Incontiguous, *adj.* Neo-dlùth, neo-fhagus.

Incontinence, } *s.* Neo-gheamnuidheachd, neo-
Incontinency, } ghloine, mi-stuamachd.

Incontinent, *adj.* Neo-gheamnuidh, neo-ghlan, mi-stuama.

Incontinently, *adv.* See Incontinent.

Incontrovertible, *adj.* Do-àicheidh, dearbh-chinnteach, dearbhta, do-chur 'n a aghaidh.

Incontrovertibly, *adv.* See Incontrovertible.

Inconvenience, } *s.* 1. Unfitness, inexpedience:
Inconveniency, } neo-iomchuidheachd, neo-fhreagarrachd. 2. disadvantage, difficulty: neo-ghoireasachd, dragh, duilichinn, ana-cothrom, amladh.

Inconvenience, *v. a.* Amail, buair, cuir dragh air.

Inconvenient, *adj.* 1. Incommodious, disadvantageous: mi-ghoireasach, draghail, aimlisgeach, 2. unfit, inexpedient: mi-fhreagarrach, mi-iomchuidh, mi-chubhaidh.

Inconveniently, *adv.* See Inconvenient.

Inconversable, *adj.* Mi-chompanta, neo-chòmhraideach, tosdach, neo-fhosgarra.

Inconvertible, *adj.* Do-mhùthaidh, do-iompaichte, do-thionndaidh.

Inconvincible, *adj.* Rag-mhuinealach, dannarra, do-chomhairlichte.

Inconvincibly, *adv.* See Inconvincible.

Incorporal, *adj.* Neo-chorporra.

Incorporality, *s.* Neo-chorporrachd.

Incorporally, *adv.* See Incorporal.

Incorporate, *v. a.* et *n.* 1. Mingle into one mass: measgaich, co-mheasgaich. 2. unite, associate: co-dhlùthaich, co-cheangail, co-chomunnaich. 3. conjoin inseparably, as one body: cuir cruinn, cruinnich, cuir 's a chéile. 4. embody, give a material form: dealbh, cuir cruth air, corpaich. 5. unite with something else: aonaich.

Incorporate, *adj.* 1. Mixed together: coimeasgta, measgaichte. 2. conjoined inseparably as one body: aonaichte, dlùthaichte, co-cheangailte. 3. associated: co-aonaichte. 4. worked into another mass: coimeasgta.

Incorporation, *s.* 1. Union of divers ingredients into one mass: coimeasgadh. 2. formation of a body politic: co-chomunn, co-bhann. 3. adoption, union, association: aonachadh, co-aonachadh.

Incorporeal, *adj.* Neo-chorporra.

Incorporeally, *adv.* See Incorporeal.

Incorporiety, *s.* Neo-chorporrachd.

Incorrect, *adj.* Cearbach, mearachdach, neo-cheart, cèarr, docharach, neo-phoncail.

Incorrectly, *adv.* See Incorrect.

Incorrectness, *s.* Cearbhachd, mearachd, neo-cheartachd, docharachd, neo-phoncalachd.

Incorrigible, *adj*, Do-cheannsachaidh, neo smachdachail, reasgach, rag-mhuinealach, aingidh, coirbte.

Incorrigibleness, *s.* Do-cheannsachd, reasgachd, rag-mhuinealas, coirbteachd.

Incorrigibly, *adv.* See Incorrigible.

Incorrupt, } *adj.* 1. Free from foulness, or de-
Incorrupted, } pravation: neo-thruaillte, neo-shalach, glan. 2. pure of manners, honest, good: dìreach, ionraic, treibhdhireach, glan.

INCORRUPTIBILITY, *s.* Neo-thruaillideachd.
INCORRUPTIBLE, *adj.* Neo-thruaillidh.
INCORRUPTION, *s.* Neo-thruaillidheachd.
INCORRUPTNESS, *s.* 1. Purity of manners, honesty, integrity: ionracas, treibhdhireas, gloine. 2. freedom from decay, or degeneration: neo-thruaillidheachd.
INCRASSATE, *v. a.* et *n.* Tiughaich, dean tiugh, fàs tiugh.
INCRASSATE, *adj.* Tiughaichte, tiugh.
INCRASSATION, *s.* Tiughachadh.
INCRASSATIVE, *adj.* Tiughachail.
INCREASE, *v. a.* et *n.* 1. Make more or greater: meudaich, leasaich, cuir am meud, lìonmhoraich. 2. grow more in number: lìonmhoraich, fàs lìonmhor, rach an lìonmhorachd. 3. grow greater in bulk: meudaich, cinn, fàs, rach am meud.
INCREASE, *s.* 1. Augmentation, state of growing more or greater: fàs, cinneachadh, cinntinn, meudachadh, leasachadh. 2. increment, that which is added to the original stock: teachd a mach, fàs, tuilleadh. 3. produce: toradh, cinneas. 4. generation: sìol, sliochd, àb, gineal. 5. increase, as of the moon: fàs.
INCREASEFUL, *adj.* Cinneachdail, torach, sìolmhor.
INCREASER, *s.* Fear-meudachaidh, fear-leasachaidh.
INCREASIBLE, *adj.* So-mheudachaidh.
INCREATE, INCREATED, *adj.* Neo-chruthaichte.
INCREDIBILITY, *s.* Neo-chreidsinneachd.
INCREDIBLE, *adj.* Neo-chreidsinn, do-chreidsinn.
INCREDIBLENESS, *s.* Neo-chreidsinneachd.
INCREDIBLY, *adv.* See Incredible.
INCREDULITY, *s.* Neo-chreidimh, as-creidimh.
INCREDULOUS, *adj.* Neo-chreidmheach, as-creidmheach, as-creideach, mall-chreideach.
INCREDULOUSNESS, *s.* Neo-chreidmheachd, as-creidimh, mall-chreidimh.
INCREMABLE, *adj.* Do-loisgte, do-losgaidh.
INCREMENT, *s.* 1. Act of growing greater: fàs, meudachadh, cinntinn. 2. increase, matter added: leasachadh. 3. produce: toradh, piseach.
INCREPATE, *v. n.* Achmhasanaich, cronaich, coirich.
INCREPATION, *s.* Achmhasan, cronachadh, coireachadh.
INCRUENTAL, *adj.* Neo-fhuileachdach, neo-fhuiltach.
INCRUST, INCRUSTATE, *v. a.* Cùir rùsg air, rùisg-chòmhdaich.
INCRUSTATION, *s.* Rusg, còmhdach, rùsg-chòmhdach.
INCUBATE, *v. n.* Guir, luidh air uibhean.
INCUBATION, *s.* Gur, luidhe air uibhean.
INCUBUS, *s.* An trom luidhe.
INCULCATE, *v. a.* Earailich, dian-chomhairlich, spàrr, spàrr air.
INCULCATION, *s.* Earalachadh, dian-chomhairleachadh, sparradh.
INCULPABLE, *adj.* Neo-choireach, neo-lochdach, neo-chronail.
INCULPABLENESS, *s.* Neo-choireachd, neo-lochdachd, neo-chronalachd.
INCULPABLY, *adv.* See Inculpable.
INCULT, *adj.* See Incultivated.
INCULTIVATED, *adj.* Neo-threabhta, fàsachail, bàn, fiadhaich.
INCUMBENCY, *s.* 1. Act or state of lying upon another: luidhe, taic, leagail taic. 2. the state of keeping a benefice: beatha, ùine-beathachaidh.
INCUMBENT, *adj.* 1. Resting upon, lying upon: a' luidhe, leagail taic air, an taic. 2. imposed as a duty: dligheach, mar fhiachaibh.
INCUMBENT, *s.* Sealbhadair beathachaidh, pears-eaglais.
INCUMBER, *v. a.* Cuir dragh air, cuir eallach air, amail.
INCUMBROUS, *adj.* Draghail, aimlisgeach.
INCUR, *v. a.* 1. Become liable to a punishment, or reprehension: toill, bi buailteach do, dean thu féin buailteach do. 2. See Occur, 1.
INCURABILITY, *s.* Do-leighiseachd.
INCURABLE, *adj.* Do-leigheas, do-leighiste.
INCURABLENESS, *s.* Do-leighiseachd.
INCURABLY, *adv.* See Incurable.
INCURIOUS, *adj.* Neo-chùramach, neo-aireil, coma.
INCURIOUSLY, *adv.* See Incurious.
INCURIOUSNESS, *s.* Neo-chùramachd, neo-airealachd.
INCURSION, *s.* Ionnsuidh, ruathar, siorradh, ruaig.
INCURVATE, INCURVE, *v. a.* Lùb, crom, cam.
INCURVATION, *s.* Lùbadh, cromadh, camadh.
INCURVITY, *s.* Lùbadh, cromadh, cruime, camadh, caime.
INDAGATE, *v. a.* Lorgaich, fidrich, rannsuich, lean.
INDAGATION, *s.* Lorgachadh, fidreachadh, rannsuchadh, leantuinn.
INDAGATOR, *s.* Lorgair, fear-rannsachaidh, fear-lorgachaidh.
INDART, *v. a.* Buail a stigh, tilg a stigh.
INDEBT, *v. a.* 1. Put into debt: cuir am fiachaibh. 2. oblige, put under obligation: cuir fuidh chomain.
INDEBTED, *adj.* 1. In debt, having incurred debt: am fiachaibh, an ain-fhiach. 2. obliged by something received: fuidh chomain, an comain.
INDECENCY, *s.* Mi-chiatfadh, mi-bheus.
INDECENT, *adj.* Mi-chiatfach, mi-bheusach.
INDECENTLY, *adv.* See Indecent.
INDECIDUOUS, *adj.* Neo-thuiteamach, neo-sheargach.
INDECISION, *s.* Agadh, neo-sheasmhachd.
INDECISIVE, *adj.* Neo-chinnteach, neo-sheasmhach.
INDECLINABLE, *adj.* Neo-atharrachail, neo-chaochlaidh.
INDECLINABLY, *adv.* See Indeclinable.
INDECOROUS, *adj.* Mi-chiatfach, mi-chubhaidh, neo-bheusach, neo-eireachdail.
INDECOROUSLY, *adv.* See Indecorous.
INDECOROUSNESS, *s.* Mi-chiatfachd, mi-chubhaidheachd, neo-bheusachd.
INDECORUM, *s.* Mi-riaghailt, mi-chiatfachd, mi-bheus, neo-eireachdas.
INDEED, *adv.* Gu fìrinneach, gu dearbh, gu cinnteach, gu deimhin, gun amharus, gu fìor.
INDEFATIGABLE, *adj.* Do-sgìtheachaidh, gnàth-oidhirpeach, do-shàrachaidh.
INDEFATIGABLY, *adv.* See Indefatigable.

INDEFEASIBLE, *adj.* Do-shàruchaidh, do-chur an aghaidh.
INDEFECTIBILITY, *s,* Neo-fhàilneachd, neo-thréigsinneachd.
INDEFFCTIBLE, *adj.* Neo-fhàilneach, neo-thréigsinneach.
INDEFECTIVE, *adj.* Coimhlionta, iomlan.
INDEFESIBLE, *adj.* Seasmhach, sìor-sheasmhach, daingean, buan.
INDEFENSIBLE, *adj.* Do-dhìonaidh, do-dhìdeannachaidh.
INDEFENSIVE, *adj.* Gun dìon, gun dìdean.
INDEFINABLE, *adj.* Do-ainmeachaidh.
INDEFINITE, *adj.* 1. Not determined, not limited, not settled: neo-shònruichte, neo-chomharraichte. 2. large beyond the comprehension of man: domheasraichte, do-àireamhta.
INDEFINITELY, *adv.* See Indefinite.
INDEFINITUDE, *s.* Neo-chrìochnachas.
INDELIBERATE, INDELIBERATED, *adj.* Cabhagach, bras, cas.
INDELIBILITY, *s.* Do-mhillteach.
INDELIBLE, *adj.* Do-dhubhaidh as, do-mhillte, dosgriosta.
INDELIBLY, *adv.* See Indelible.
INDELICACY, *s.* Mi-mhodh, mi-shuairceas, mithlachd, easbhuidh, droch càil, neo-cheanaltas.
INDELICATE, *adj.* Mi-mhodhail, mi-shuairc, mithlachdmhor, neo-cheanalta.
INDEMNIFICATION, *s.* 1. Security against loss or penalty: urras. 2. reimbursement of loss or penalty: dìoladh, ath-dhìoladh, deanamh suas.
INDEMNIFY, *v. a.* 1. Secure against loss or penalty: urrasaich, dìon o challdach. 2. maintain unhurt: dìon, gléidh.
INDEMNITY, *s.* Saorsa o pheanas, saorsa-loghaidh, làn-mhaitheanas.
INDEMONSTRABLE, *adj.* Do-dhearbhta, do-chòmhdachaidh.
INDENT, *v. a.* et *n.* 1. Match any thing with inequalities, cut in and out: eagaich, fiaclaich, gròb. 2. contract, bargain: cùmhnantaich, còrd ri.
INDENT, INDENTATION, *s.* Eagachadh, fiaclachadh, gròbadh.
INDENTURE, *s.* Cùmhnant, cùmhnant fir-foghluinn, céird-chùmhnant, bann-céirde.
INDEPENDENCE, INDEPENDENCY, *s.* Saorsa, féin-chumhachd, làn-chead.
INDEPENDENT, *adj.* Saor, làn-fhuasgailte, neo-eisimeileach.
INDEPENDENTLY, *adv.* See Independent.
INDEPRECABLE, *adj.* Do-thagraidh.
INDEPREHENSIBLE, *adj.* Do-rannsuichte.
INDESCRIBABLE, *adj.* Do-aithriste.
INDESERT, *s.* Mi-thoilltinneas, neo-airidheachd.
INDESINENT, *adj.* Sìor, gun stad.
INDESINENTLY, *adv.* Sìor, gu sìor, gun stad, gun chlos.
INDESTRUCTIBLE, *adj.* Do-mhillte.
INDETERMINABLE, *adj.* Do-shònruchaidh.
INDETERMINATE, *adj.* Neo-shònruichte, neo-àireamhta, neo-mheasraichte, neo-shònruichte.
INDETERMINATELY, *adv.* See Indeterminate.
INDETERMINATION, *s.* Neo-shuidheachadh, neostéidheachd, ioma-chomhairle.
INDETERMINED, *adj.* Neo-shuidhichte, neo-stèidhichte, iom-chomhairleach.
INDEVOTED, *adj.* Neo-dhìleas, neo-dhàimheil.
INDEVOTION, *s.* Mi-dhiadhachd, mi-chràbhachd, michràbhadh.
INDEVOUT, *adj.* Neo-chràbhach, neo-chràbhaidh, midhiadhaidh.
INDEVOUTLY, *adv.* See Indevout.
INDEX, *s.* 1. The discoverer, the pointer out: feuchadair, fear-sealltuinn. 2. as of a watch: làmh. 3. the table of contents to a book: clàrinnsidh.
INDEXTERITY, *s.* Neo-làmhchaireachd, neo-làmhachas, neo-ealantachd, don-innleachd, mi-ghleusdachd.
INDIAN, *adj.* et *s.* Innseanach.
INDICANT, *adj.* Taisbeanach, foillseachail.
INDICATE, *v. a.* Taisbean, foillsich, comharraich a mach, innis, cuir an céill.
INDICATION, *s.* 1. Mark, token, sign: comharradh, innseadh, foillseachadh. 2. discovery made, intelligence given: rabhadh, sanas, fios. 3. explanation, display: mìneachadh, soilleireachadh.
INDICATIVE, *adj.* Taisbeanach, foillseachail, innseachail.
INDICATIVELY, *adv.* See Indicative.
INDICATOR, *s.* See Index.
INDICATORY, *adj.* See Indicative.
INDICT, INDITE, *v. a.* 1. Charge any person with a written accusation before a court of justice: dìt, coirich, cuir as leth an làthair cùirt. 2. compose, write: deachd, cuir r' a chéile, sgrìobh.
INDICTABLE, *adj.* Ion-dhìtidh, coireach, rùisgte do 'n lagh.
INDICTER, INDITER, *s.* 1. One who indicts, or accuses: fear-dìtidh, fear-coireachaidh. 2. a writer: fear-deachdaidh, fear-sgrìobhaidh, sgrìobhadair.
INDICTION, *s.* Gairm, glaodh, rabhadh fhollaiseach.
INDICTIVE, *adj.* Foillsichte, soilleirichte.
INDICTMENT, *s.* Dìteadh sgrìobhta, casaid sgrìobhta.
INDIFFERENCE, INDIFFERENCY, *s.* 1. Neutrality, suspension, equipoise or freedom from motives on either side: coimhiseachd. 2. impartiality: ceartas, neo-chlaon-bhreitheachd. 3. negligence, unconcernedness: neo-aire, neo-shuim, neochùram, dearmad.
INDIFFERENT, *adj.* 1. Neutral, not determined on either side: coimhis. 2. unconcerned, inattentive, regardless: neo-aireil, coma, neo-chùrumach, dearmadach. 3. impartial, disinterested: ceart, dìreach, neo-chlaon-bhreitheach. 4. passable, having mediocrity: meadhonach, an eatorras.
INDIFFERENTLY, *adv.* See Indifferent.
INDIGENCE, INDIGENCY, *s.* Bochduinn, ainniseachd, aimbeartas, truaighe, gainne.
INDIGENE, *s.* Fear-dùthcha, fear-tìre.
INDIGENOUS, *adj.* Dùchasach.
INDIGENT, *adj.* 1. Poor, needy, necessitous: bochd, aimbeartach, gann, truagh, uireasbhuidheach. 2.

in want, wanting: uireasbhuidheach, easbhuidheach. 3. void, empty: falamh, fàs.

INDIGESTED, *adj.* 1. Not regularly disposed: mi-òrdail, mi-rìaghailteach. 2. not formed, or shaped: neo-chùmta, gun dealbh, neo-dhreachmhor. 3. not well considered and methodized: fuasgailte, sgaoilte. 4. not concocted in the stomach: neo-mheirbhte. 6. not purified or sublimed by heat: neo-ghlointe.

INDIGESTION, *s.* Cion-meirbhidh, cion-cnàmhaidh.

INDIGITATE, *v. a.* Tomh ri, seòl le d' mheur.

INDIGITATION, *s.* Tomhadh ri, seòladh le meur.

INDIGN, *adj.* Neo-airidh, suarach, neo-airidheach.

INDIGNLY, *adv.* See Indign.

INDIGNANCE, INDIGNANCY, *s.* See Indignation.

INDIGNANT, *adj.* Feargach, fearg-thàmailteach, diombach, tarcuiseach.

INDIGNANTLY, *adv.* See Indignant.

INDIGNATION, *s.* 1. Anger mingled with contempt, or disgust: fearg, corruich, fearg-thàmailt. 2. the anger of a superior: corruich, diombadh. 3. the effect of anger: fraoch-feirge.

INDIGNIFY, *v. a.* 1. Treat disdainfully: tarcuisich, dean dìmeas air. 2. treat unbecomingly: cuir suarach, dean tàir air.

INDIGNITY, *s.* Dìmeas, tàmailt, tàir, tarcuis, masladh.

INDIGO, *s.* Guirmean.

INDILATORY, *adj.* Neo-mhàirnealach.

INDILIGENCE, *s.* Leisg, lunndaireachd.

INDILIGENT, *adj.* Leasg, lunndach, lunndaireach.

INDIRECT, *adj.* 1. Not straight, not rectilinear: neo-dhìreach, fiar, cam. 2. wrong, improper: mi-cheart, eucoireach. 3. not fair, not honest: eu-ceart, ann-dligheach, mealltach, foilleil.

INDIRECTION, *s.* 1. Oblique means, tendency not in a straight line: fiaradh, caime, carachd. 2. dishonest practice: mealltaireachd, foillealachd.

INDIRECTLY, *adv.* See Indirect.

INDIRECTNESS, *s.* 1. Obliquity: fiaradh, caime. 2. unfairness, dishonesty, fraudulent art: cuilbheart, mealltaireachd.

INDISCERNIBLE, *adj.* Do-fhaicsinneach.

INDISCERNIBLENESS, *s.* Do-fhaicsinneachd.

INDISCERNIBLY, *adv.* See Indiscernible.

INDISCERPTIBILITY, *s.* Do-sgaraidheachd, do-sgarantachd.

INDISCERPTIBLE, *adj.* Do-sgaraidh, do-sgaranta.

INDISCOVERABLE, *adj.* Do-fhaighinn a mach, do-rannsuichte.

INDISCREET, *adj.* Neo-thuigseach, lag-chiallach, neo-chrionna, gòrach, neo-smuainteachail.

INDISCREETLY, *adv.* See Indiscreet.

INDISCRETION, *s.* Gòraiche, neo-thuigse, lag-chiall, neo-chrionnachd, neo-sheòltachd.

INDISCRIMINATE, *adj.* Neo-dhealaichte, feadh a chéile, measgaichte, coimhiseach.

INDISCRIMINATELY, *adv.* See Indiscriminate.

INDISCUSSED, *adj.* Neo-rannsuichte.

INDISPENSABILITY, *s.* Neo-sheachantachd.

INDISPENSABLE, *adj.* Neo-sheachanta, do-sheachnaidh.

INDISPENSABLY, *adv.* See Indispensable.

INDISPOSE, *v. a.* 1. Make unfit: neo-uidheamaich, dean mi-iomchuidh. 2. disincline, make averse to: cuir neach an aghaidh, fàg aindeonach. 3. disorder, in functions: cuir á fonn, cuir á gleus, euslaintich.

INDISPOSEDNESS, *s.* Mi-iomchuidheachd, anshocair, fuath.

INDISPOSITION, *s.* 1. Disorder of health, tendency to sickness: euslaint, anshocair. 2. disinclination, dislike: an-toil, fuath.

INDISPUTABLE, *adj.* Cinnteach, dearbhta, neo-theagamhach, do-chur 'n a aghaidh.

INDISPUTABLENESS, *s.* Cinnteachas, dearbhtachd, neo-theagamhachd.

INDISSOLVABLE, *adj.* See Indissoluble.

INDISSOLUBILITY, *s.* 1. Resistance to a dissolving power: neo-leaghtachd, cruas. 2. perpetuity of obligation: sìor-cheangaltachd, sìor-sheasmhachd.

INDISSOLUBLE, *adj.* 1. Resisting all separation of its parts, firm, stable: neo-leaghtach, do-leaghaidh, neo-sgaranta, daingean. 2. binding for ever: buan, maireannach, sìor-sheasmhach.

INDISSOLUBLENESS, *s.* See Indissolubility.

INDISSOLUBLY, *adv.* See Indissoluble.

INDISTINCT, *s.* 1. Not plainly marked, confused: aimhreidh, doilleir, neo-shoilleir. 2. not exactly discerning: neo-shoilleir.

INDISTINCTION, *s.* Doilleireachd, neo-shoilleireachd, neo-chinnteachas.

INDISTINCTLY, *adv.* See Indistinct.

INDISTINCTNESS, *s.* See Indistinction.

INCISTINGUISHABLE, *adj.* Neo-eadar-dhealachaidh.

INDISTURBANCE, *s.* Neo-thuaireapachd, ciùineachd, sèimhealachd.

INDITE, *v. a.* See Indict.

INDITER, *s.* See Indicter.

INDIVIDUAL, *adj.* Air leth, fa leth, leis fèin.

INDIVIDUAL, *s.* Aon, urra, neach.

INDIVIDUALITY, *s.* Pearsantachd, bith air leth.

INDIVIDUALLY, *adv.* Air leth, fa leth, leis féin.

INDIVIDUATE, *v. a.* Cuir air leth, dealaich gach aon, cuir leis féin.

INDIVIDUATION, *s.* Cur air leth, dealachadh, cur leis féin.

INDIVIDUITY, *s.* Pearsantachd, aonarachd, bith air leth.

INDIVISIBILITY, INDIVISIBLENESS, *s.* Do-roinnteachd, do-sgarachduinn.

INDIVISIBLE, *adj.* Do-roinnte, do-sgarachaidh, neo-earrannach.

INDIVISIBLY, *adv.* See Indivisible.

INDOCIBLE, INDOCILE, *adj.* Do-theagaisgeach, do-ionnsachaidh, dùr.

INDOCILITY, *s.* Do-theagaisgeachd, dùrachd.

INDOCTRINATE, *v. a.* Teagaisg, cuir teagasg an céill do.

INDOCTRINATION, *s.* Teagasg, foghlum, ionnsachadh.

INDOLENCE, *s.* Leisg, dìomhanas, lunndaireachd, neo-chùram.

INDOLENT, *adj.* Leasg, dìomhanach, lunndaireach, neo-chùramach.
INDOLENTLY, *adv.* See Indolent.
INDOMABLE, } *adj.* Neo-cheannsaichte, do-cheann-
INDOMITABLE, } sachaidh.
INDOW, *v. a.* See Endow.
INDRAUGHT, *s.* Camus, bàgh, cala, leigeadh steach.
INDRENCH, *v. a.* Tum, bog, fliuch, bogaich, bàth.
INDUBITABLE, *adj.* Neo-theagamhach, dearbh, cinnteach.
INDUBITABLENESS, *s.* Neo-theagamhachd, dearbhachd, cinnteachd.
INDUBITABLY, *adv.* See Indubitable.
INDUBITATE, *adj.* Soilleir, cinnteach.
INDUCE, *v. a.* 1. Influence to any thing, persuade: thoir air, aom, aom gu. 2. produce by persuasion, or influence: thoir air. 3. offer by way of induction: thoir air aghaidh. 4. inculcate, enforce: earalaich, guidh cuir impidh air. 5. cause extrinsically, produce, effect: aobharaich, thoir a mach. 6. introduce, bring into view: thoir an làthair, thoir am follus. 7. bring on, superinduce, effect gradually: thoir air aghaidh.
INDUCEMENT, *s.* Aobhar, brosnuchadh, cuireadh, misneach, comhairle.
INDUCER, *s.* Fear-comhairle, fear-brosnuchaidh, buaireadair.
INDUCT, *v. a.* 1. Introduce, bring in: cuir an seilbh, thoir a stigh. 2. put into actual possession of a benefice: cuir an seilbh.
INDUCTION, *s.* 1. Introduction, entrance: toirt a stigh, dol a stigh, sealbhachadh. 2. mental process of induction: deanamh a mach.
INDUCTIVE, *adj.* 1. Leading, persuasive to: earalach, treòrachail. 2. capable to infer, or produce: seadhach.
INDUCTIVELY, *adv.* See Inductive.
INDUCTOR, *s.* Fear-cuir an seilbh.
INDUE, *v. a.* Comhdaich, éid.
INDULGE, *v. a.* 1. Encourage by compliance: leig le, toilich. 2. fondle, favour, foster: beadraich, breug, tataidh. 3. grant by favour: thoir cead do, leig le.
INDULGENCE, } *s.* 1. Fondness: caoimhneas, caomh-
INDULGENCY, } alachd, maoth-chaidreamh. 2. forbearance, tenderness: caoimhneas, bàigh, saorghean maith. 3. favour granted, liberality: tiodhlac, saor-thiodhlac. 4. compliance with, gratification of: deòin-bhàidh, leigeil le, toileachadh. 5. in the Romish church: cead peacaidh.
INDULGENT, *adj.* 1. Kind, gentle, liberal: caoimhneil, caidreach, fial. 2. mild, favourable: caomh, bàigheil. 3. gratifying, favouring, giving way to: faoin-ghràdhach, leth-sgeulaich, truacanta.
INDULGENTLY, *adv.* See Indulgent.
INDULT, } *s.* Sochar, còir dhligheach, saorsa.
INDULTO, }
INDURATE, *v. a.* et *n.* Cruadhaich, dean cruaidh, fàs cruaidh.
INDURATION, *s.* 1. State of growing hard: cruadhachadh. 2. the act of hardening: cruadhachadh. 3. obduracy, hardness of heart: cruas, cruas-cridhe, rag-bheartachd.
INDUSTRIOUS, *adj.* Gnìomhach, dìchiollach, saothaireach, dèanadach, oidhirpeach, èasgaidh, aghartach.
INDUSTRIOUSLY, *adv.* See Industrious.
INDUSTRY, *s.* Dìchioll, gnìomh, saothar, ghnìomhachas, dèanadachd.
INDWELLER, *s.* Fear-còmhnuidh, fear-àiteachaidh.
INEBRIATE, *v. a.* Misgich, cuir air mhisg.
INEBRIATION, *s.* Misg, daorach.
INEFFABILITY, *s.* Do-labhartachd.
INEFFABLE, *adj.* Do-labhairt, do-innsidh.
INEFFABLENESS, *s.* Do-labhartachd.
INEFFABLY, *adv.* See Ineffable.
INEFFECTIVE, *adj.* Neo-bhuadhach, fann, anfhann, neo-éifeachdach.
INEFFECTUAL, *adj.* Neo-éifeachdach, neo-tharbhach, fann.
INEFFECTUALLY, *adv.* See Ineffectual.
INEFFECTUALNESS, *s.* Neo-éifeachd, neo-tharbhachd, neo-thàbhachd.
INEFFICACIOUS, *adj.* Neo-éifeachdach, la, neo-chomasach.
INEFFICACY, } *s.* Neo-éifeachd, laige, neo-chomas-
INEFFICIENCY, } achd.
INELEGANCE, } *s.* Mi-mhaise, mi-eireachdas, neo-
INELEGANCY, } ghrinneas, mi-shnas, mi-loinn.
INELEGANT, *adj.* Mi-mhaiseach, neo-mhaiseach, mi-loinneil, mi-dhreachmhor, neo-riochdail, mi-eireachdail.
INELEGANTLY, *adv.* See Inelegant.
INELOQUENT, *adj.* Neo-dheas-labhrach, lapach an cainnt.
INEPT, *adj.* 1. Trifling, foolish: faoin, baoth, gun tuigse, gòrach. 2. unfit for any purpose, useless: neo fhreagarrach, neo-fheumail.
INEPTITUDE, *s.* Neo-iomchuidheachd, neo-fhreagarrachd.
INEPTLY, *adv.* See Inept.
INEPTNESS, *s.* See Ineptitude.
INEQUAL, *adj.* See Unequal.
INEQUALITY, *s.* 1. Difference of comparative quantity: neo-choimeasachd, neo-ionannachd. 2. uneveness: neo-chòmhnaidachd. 3. disproportion, inadequateness: neo-fhreagarrachd. 4. change of state: caochladh. 5. difference of rank or station: eadar-dhealachadh.
INEQUITABLE, *adj.* Neo-cheart, mi-cheart, neo-ionraic.
INERRABILITY, *s.* Neo-mhearachdalachd.
INERRABLE, *adj.* Neo-mhearachdail, do-chur-mearachd.
INERRABLENESS *s.* See Inerrability.
INERRABLY, *adv.* See Inerrable.
INERRINGLY, *adv.* See Unerring.
INERT, *adj.* Trom, marbh, marbhanta, neo-ghluasadach, leasg.
INERTLY, *adv.* See Inert.
INERTNESS, *s.* Truime, mairbhe, marbhantachd, neo-ghluasadachd, leisg.
INESCATE, *v. a.* Tàlaidh, buair.

INESCATION, *s.* Tàladh, buaireadh.
INESTIMABLE, *adj.* Do-mheas, do-bharalachaidh, ro-luachmhor, os ceann luach.
INESTIMABLY, *adv.* See Inestimable.
INEVIDENCE, *s.* Mi-shoilleireachd, dorchadas, teagamh.
INEVIDENT, *adj.* Mi-shoilleir, dorcha, teagamhach.
INEVITABILITY, *s.* Do-sheachantachd, cinnteachd.
INEVITABLE, *adj.* Do-sheachanta, cinnteach.
INEVITABLY, *adv.* See Inevitable.
INEXCUSABLE, *adj.* Neo-leithsgeulach.
INEXCUSABLENESS, *s.* Neo-leithsgeulachd.
INEXCUSABLY, *adv.* See Inexcusable.
INEXHALABLE, *adj.* Do-dhèabhaidh, nach éirich 'n a cheò.
INEXHAUSTED, *adj.* Neo-fhalamhaichte, neo-thraoghta.
INEXHAUSTIBLE, *adj.* Do-thraoghaidh, do-chaitheimh.
INEXHAUSTIBLENESS, *s.* Do-thraoghaidheachd, do-chaitheamhachd.
INEXISTENCE, *s.* Neo-bhith, dìth-bith.
INEXISTENT, *s.* Neo-bhitheach, neo-làthaireach.
INEXORABILITY, *s.* Do-aomaidheachd, do-lùbtachd.
INEXORABLE, *adj.* Do-aslachaidh, do-aomaidh, do-lùbaidh.
INEXORABLY, *adv.* See Inexorable.
INEXPEDIENCE, } *s.* Neo-iomchuidheachd, neo-
INEXPEDIENCY, } chubhaidheachd, neo-fheumalachd.
INEXPEDIENT, *adj.* Neo-iomchuidh, neo-chubhaidh, neo-fheumail.
INEXPERIENCE, *s.* Aineolas, ana-cleachdamh, cion-eòlais, cion-fiosrachaidh.
INEXPERIENCED, *adj.* Aineolach, neo-eòlach, neo-chleachdta.
INEXPERT, *adj.* Neo-ealanta, neo-làmhchair, neo-theòma, neo-dheas.
INEXPIABLE, *adj.* Do-ṙéiteachaidh, nach dìol ìobairt.
INEXPIABLY, *adv.* See Inexpiable.
INEXPLAINABLE, *adj.* Do-mhìneachaidh.
INEXPLICABLE, *adj.* Do-mhìneachaidh, do-shoilleireachaidh.
INEXPLICABLENESS, *s.* Do-mhìneachaidheachd, doirbheachd.
INEXPLICABLY, *adv.* See Inexplicable.
INEXPLORABLE, *adj.* Do-ṙannsachaidh.
INEXPRESSIBLE, *adj.* Do-labhairt, do-innsidh, do-chur an céill.
INEXPRESSIBLY, *adv.* See Inexpressible.
INEXPUGNABLE, *adj.* Do-ghlacta, do-cheannsachaidh.
INEXTINCT, *adj.* Neo-mhùchta, neo-dhubhta a mach.
INEXTINGUISHABLE, *adj.* Do-mhùchaidh, do-chur as.
INEXTIRPABLE, *adj.* Do-spìonaidh.
INEXTRICABLE, *adj.* Do-ṙéiteachaidh, do-fhuasglaidh.
INEXTRICABLENESS, *s.* Do-fhuasglaidheachd.
INEXTRICABLY, *adv.* See Inextricable.
INFALLIBILITY, } *s.* Do-sheachranachd, do-mhear-
INFALLIBLENESS, } achdas.
INFALLIBLE, *adj.* Do-sheachranach, neo-mhearachdach, do-fhàilneach.
INFALLIBLY, *adv.* See Infallible.
INFAME, *v. a.* Di-mol, maslaich, mi-chliùthaich, dìt.
INFAMOUS, *adj.* Maslach, mi-chliùiteach, beag-ṅaraich, ro-aingidh.
INFAMOUSLY, *adv.* See Infamous.
INFAMOUSNESS, } *s.* Masladh, mi-chliu, masladh foll-
INFAMY, } uiseach.
INFANCY, *s.* 1. The first part of life: naoidheanachd, leanabachd. 2. civil infancy: òige, ùr-òige. 3. first age of any thing, beginning, commencement: tòiseachadh, tùs, ùr-fhàs.
INFANT, *s.* 1. A child from the birth to the end of the seventh year: naoidheachan, naoidhean, leanaban, leanabh. 2. (in law): pàisd, neach òg, ògurra.
INFANT, *adj.* Òg, leanabaidh, anabuich.
INFANTICIDE, *s.* 1. Slaughter of infants: naoidhmhort. 2. slayer of infants: naoidh-mhortair.
INFANTILE, } *adj.* Leanabaidh, leanabail, leanabanta,
INFANTINE, } naoidheachail.
INFANTRY, *s.* Arm-coise, saigdearan-coise.
INFARCE, *v. a.* Teannaich, dinn.
INFARCTION, *s.* Teannachadh, dinneadh, teanntachd.
INFATUATE, *v. a.* Dall, buair, cuir druidheachd air, cuir fuidh gheasaibh.
INFATUATED, *adj.* Buairte, fuidh dhruidheachd, as a chiall.
INFATUATION, *s.* Dalladh, buaireadh, cur druidheachd air, cur fuidh gheasaibh.
INFEASIBLE, *adj.* Do-dhìonta, mi-choslach, do-ghnàthachaidh.
INFECT, *v. a.* 1. Act upon by contagion: cuir galar air, sgaoil galar, no, tinneas. 2. fill with something hurtfully contagious: truaill, lìon le truaillidheachd.
INFECTION, *s.* Galar-ghabhail, gabhaltachd.
INFECTIOUS, *adj.* Gabhaltach, galarach, sgaoilteach.
INFECTIOUSLY, *adv.* See Infectious.
INFECTIOUSNESS, *s.* Gabhaltachd, sgaoilteachd.
INFECTIVE, *adj.* See Infectious.
INFECUND, *adj.* Neo-thorach, neo-shìolmhor, seasg, aimrid.
INFECUNDITY, *s.* Neo-thorachas, neo-shìolmhorachd, seasgachd, aimrideachd.
INFELICITY, *s.* Donas, mi-shonas, mi-àdh, truaighe, mi-shealbh.
INFER, *v. a.* 1. Bring on, induce: thoir air aghaidh. 2. make an inference, draw an inference from: tuig le, co-dhùin o, thoir fainear, tog o.
INFERENCE, *s.* Co-dhùnadh, seadh.
INFERIBLE, *adj.* So-thuigsinn le, so-thuisgsinn o.
INFERIOR, *adj.* 1. Lower in place: ìochdarach, ìochdrach, ìsle. 2. lower in station of life: ìsle, neo-inbheiche. 3. lower in value, or excellency: lugha, suaraiche, a 's suaraiche.
INFERIOR, *s.* Ìochdaran.
INFERIORITY, *s.* Ìochdranachd, ìsleachd, neo-inbheachd.
INFERNAL, *adj.* Ifrinneach, deamhnaidh, mallaichte, diabhlaidh.
INFERTILE, *adj.* Mi-thorach, mi-shìolmhor, aimrid.

INFERTILITY, *s.* Mi-thorachas, mi-shìolmhorachd, aimrideachd.

INFEST, *v. a.* Tathaich, claoidh, sgìthich, buair, cuir dragh air.

INFESTATION, *s.* Claoidh, sgìtheachadh, buaireadh, dragh.

INFESTIVE, *adj.* Neo-gheanail, neo-shunndach, dubhach.

INFESTIVITY, *s.* Neo-gheanalachd, neo-shunndachd, dubaiche.

INFIDEL, *s.* Ana-creidmheach, as-creideach, ana-criosduidh.

INFIDEL, *adj.* As-creidmheach, ana-criosduidh, neo-chneasta.

INFIDELITY, *s.* 1. Want of faith: as-creidimh. 2. disbelief of Christianity: as-creidimh, ana-criosdachd. 3. treachery, deceit, breach of contract, or trust: neo-dhìlseachd, foill, ceilg, mealltaireachd.

INFINITE, *adj.* Neo-chrìochnach, neo-chrìochnaichte, anabarrach, gun tomhas, neo-mheasraichte.

INFINITELY, *adv.* See Infinite.

INFINITENESS, INFINITUDE, INFINITY, *s.* Neo-chrìochnachd, anabarrachd.

INFIRM, *adj.* 1. Weak, feeble, disabled of body: euslan, anfhann, lag, neo-làidir, breòite. 2. weak of mind, irresolute: lag-chuiseach, neo-sheasmhach, fann. 3. not stable, not solid: neo-dhaingean, neo-sheasmhach, neo-bhunaiteach.

INFIRMARY, *s.* Tigh-eiridinn, tigh-leighis.

INFIRMATIVE, *adj.* Lagachail, a lagaicheas.

INFIRMITY, *s.* 1. Weakness of sex, age, or temper: laige, laigse, anmhuinneachd. 2. failing, weakness, fault: fàilling, coire. 3. disease, malady: euslaint, tinneas, breòiteachd.

INFIRMNESS, *s.* Laige, laigse, eucail.

INFIX, *v. a.* Spàrr a stigh, dinn an sàs, sàth.

INFLAME, *v. a.* et *n.* 1. Kindle, set on fire: loisg, fad, cuir r' a theine. 2. kindle any passion: tog, brosnuich. 3. fire with passion: cuir fuidhe, cuir air boile, las. 4. exaggerate, aggravate: antromaich, meudaich. 5. provoke, irritate: brosnuich, buair. 6. grow hot, or angry: at, gabh fearg. 7. inflame by obstructed matter: at, iongraich.

INFLAMER, *s.* Lasadair, fear-lasaidh, fear-teasachaidh.

INFLAMMABILITY, *s.* So-loisgeach, so-fhadaidheachd.

INFLAMMABLE, *adj.* So-loisgeach, so-lasarach so-fhadaidh.

INFLAMMABLENESS, *s.* See Inflammability.

INFLAMMATION, *s.* 1. The act of setting on flame: cur r' a theine, lasadh, losgadh. 2. state of being in flame: lasarachd, losgadh. 3. in surgery: iongrachadh, ainteas. 4. act of exciting fervour of mind: brosnachadh, lasadh.

INFLAMMATORY, *adj.* Lasarra, loisgeach, buaireasach, feargach.

INFLATE, *v. a.* 1. Swell with wind: séid, cuir gaoth ann, séid suas. 2. puff up mentally: séid suas, dean-àrdanach, dean moiteil. 3. fill with the breath: séid, séid suas.

INFLATION, *s.* 1. The state of being swelled with wind, flatulence: séideadh, at. 2. state of being mentally puffed up, conceit: moit, féin-bheachd, féin-spéis.

INFLECT, *v. a.* Lùb, fiar, crom, tionndaidh.

INFLECTION, *s.* Lùbadh, fiaradh, cromadh, tionndadh.

INFLECTIVE, *adj.* A lùbas, a chromas, a thionndaidheas.

INFLEXED, *adj.* Lùbta, fiarta, cromta.

INFLEXIBILITY, INFLEXIBLENESS, *s.* 1. Stiffness, quality of resisting flexure: neo-lùbtachd, raige, raigead. 2. obstinacy, temper not to be bent: rag-mhuinealas, danarrachd, reasgachd.

INFLEXIBLE, *adj.* 1. Not to be bent, or incurvated: do-lùbaidh, do-chromaidh, rag. 2. not to be prevailed on, immoveable: dùr, reasgach, rag-mhuinealach, ceann-làidir. 3. not to be changed or altered: do-chaochlaidh, do-atharrachaidh.

INFLEXIBLY, *adv.* See Inflexible.

INFLICT, *v. a.* Leag peanas air, peanasaich, pian, sàraich, goirtich, cràidh.

INFLICTER, *s.* Fear-peanasachaidh, fear-leagaidh peanais.

INFLICTION, *s.* Leagadh-peanais, peanasachadh, sàruchadh, peanas.

INFLICTIVE, *adj.* Peanasail, peanasachail.

INFLUENCE, *s.* Cumhachd, ceannardas, buaidh, uachdranachd.

INFLUENCE, *v. a.* Stiùir, lùb, aom, treòraich, earailich.

INFLUENT, *adj.* A' lìonadh, a dòrtadh a stigh, a' sruthadh a stigh.

INFLUENTIAL, *adj.* Cumhachdach, ceannardach, buadhach, uachdranail.

INFLUENTIALLY, *adv.* See Influential.

INFLUX, *s.* Tighinn a steach, sruth, sruth-lìonaidh.

INFOLD, *v. a.* Fill, paisg, iom-fhill.

INFOLIATE, *v. a.* Duillich, còmhdaich le duillibh.

INFORM, *v. a.* et *n.* 1. Animate, actuate by vital powers: beothaich. 2. instruct: teagaisg, thoir eòlas-do, muin, oil. 3. offer an accusation to a magistrate: casaidich, innis, dean casaid air. 4. give intelligence: thoir rabhadh, thoir sanas, thoir brath.

INFORMAL, *adj.* Mi-rìaghailteach, mi-laghail.

INFORMALITY, *s.* Mi-rìaghailteachd, mi-laghaileachd.

INFORMALLY, *adv.* See Informal.

INFORMATIVE, *adj.* Beothachail.

INFORMANT, *s.* See Informer.

INFORMATION, *s.* 1. Intelligence given: naigheachd, sgeul, rabhadh, brath. 2. instruction: teagasg, ionnsachadh, oilean. 3. charge, or accusation exhibited: casaid, cùis-dhìtidh. 4. act of informing, or accusing: toirt sgéil, toirt brath.

INFORMED, *adj.* Mi-dhealbhta, neo-dhealbhach.

INFORMER, *s.* 1. That which informs or animates: beothadair. 2. one who gives intelligence: fear-innsidh, sgeul-thabhairtear, fear-naidheachd. 3. one who gives instruction: fear-teagaisg, fear-oilein. 4. one who discovers offenders to the magistrate: fear-brathaidh, fear-innsidh, fear-casaid.

INFORMIDABLE, *adj.* Neo-eagalach, neo-oillteil.

INFORMITY, *s.* Neo-chumachd, neo-dhealbh.
INFORMOUS, *adj.* Neo-chumachdail, neo-dhealbhach, mi-chruthach.
INFORTUNATE, *adj.* See Unfortunate.
INFRACT, *v. a.* Bris, bris cùmhnant.
INFRACTION, *s.* Briseadh, briseadh cùmhnaint.
INFRACTOR, *s.* Fear-brisidh, fear-brisidh chùmhnant.
INFRANGIBLE, *adj.* Do-bhrisidh, neo-bhristeach.
INFREQUENCE, } *s.* Mi-ghnàthachas, ainmiceas, ainn-
INFREQUENCY, } eamhachd, annasachd.
INFREQUENT, *adj.* Mi-ghnàthach, ainmic, ainneamh, annasach.
INFRIGIDATE, *v. a.* Fuaraich, dean fuar, ragaich le fuachd.
INFRIGIDATION, *s.* Fuarachadh, ragachadh le fuachd.
INFRINGE, *v. a.* 1. Break laws or contracts, violate: bris. 2. destroy, hinder: mill, sgrios, bac, amail.
INFRINGEMENT, *s.* Briseadh, bristeadh.
INFRINGER, *s.* Briseadair, fear-brisidh, fear-claon-aidh.
INFUMED, *adj.* Tiormaichte 's an deathach.
INFURIATE, *adj.* Air boile, air a' chuthach, cuthach, cuthaich, borb.
INFURIATE, *v. a.* Cuir air boile, cuir air a' chuthach.
INFUSCATE, *v. a.* Dorchaich, dean dubh-dhorcha, dean lachduinn.
INFUSCATION, *s.* Dorchachadh, duirche, duibhre, lachduinneachd.
INFUSE, *v. a.* Pour in, instil: dòirt, dòirt ann, dòirt a stigh. 2. pour into the mind, inspire into: cuir ann, cuir fuidh. 3. steep in any liquor with a gentle heat: bogaich, cuir am bogadh.
INFUSER, *s.* Fear-dòirtidh ann, fear-deachdaidh.
INFUSIBLE, *adj.* 1. Possible to be infused: so-dhòirtidh ann, so-chur ann. 2. incapable of dissolution, not fusible: do-leaghaidh.
INFUSION, *s.* 1. Act of pouring in, instillation: dòrtadh a stigh. 2. act of pouring into the mind, inspiration: teagasg, deachdadh. 2. a suggestion, a whisper: sanas, smèideadh. 4. act of steeping any thing in moisture: bogadh, bogachadh. 5. liquor made by infusion: sùgh, deoch.
INFUSIVE, *adj.* Dòirteach, leaghtach.
INGATHERING, *s.* Cròdhadh, cruinneachadh barra.
INGE, *s.* Innis.
INGELABLE, *adj.* Do-leothaidh.
INGEMINATE, *v. a.* Ath-aithris, dùblaich.
INGEMINATE, *adj.* Dùbhlaichte, ath-aithriste.
INGEMINATION, *s.* Dùblachadh, ath-aithris.
INGENERABLE, *adj.* Do-ghineamhuinn.
INGENERATE, *v. a.* Gin.
INGENERATE, } *adj.* Nàdurra, dualach.
INGENERATED, }
INGENIOUS, *adj.* Innleachdach, tùrail, geur-chuiseach, seòlta, cnuachdach, teòma, ealanta, innealta, ciallach.
INGENIOUSLY, *adv.* See Ingenious.
INGENIOUSNESS, *s.* Innleachd, tùralachd, geur-chuiseachd, seòltachd, teòmachd, ealantachd, innealtachd, ciallachd.
INGENITE, *adj.* Nàdurra, dualach.
INGENUITY, *s.* 1. Openness, fairness, candour: fosgarrachd, fìrinn, simplidheachd, còir. 2. wit, invention, genius, acuteness. See Ingeniousness.
INGENUOUS, *adj.* Fosgarra, fìrinneach, ceart, còir fialaidh, flathail, urramach.
INGENUOUSLY, *adv.* See Ingenuous.
INGENUOUSNESS, *s.* See Ingenuity, 1.
INGEST, *v. a.* Sluig.
INGESTION, *s.* Slugadh.
INGLE, *s.* Aingeal, teine.
INGLORIOUS, *adj.* 1. Void of honour, mean, without glory: mìothair, tàir, suarach, mosach. 2. regardless of glory: neo-uasal, dìblidh, gun déigh air cliù.
INGLORIOUSLY, *adv.* See Inglorious.
INGOT, *s.* Geinn, no, meall meatailte.
INGRAFF, } *v. a.* Suidhich, suidhich ann, alp.
INGRAFT, }
INGRAFTMENT, *s.* Suidheachadh, alpadh.
INGRATE, } *adj.* Neo-thaingeil, mi-thaingeil, mi-
INGRATEFUL, } thlachdmhor. See Ungrateful.
INGRATEFULLY, *adv.* See Ungrateful.
INGRATEFULNESS, *s.* Mi-thaingealachd, neo-thaingealachd.
INGRATIATE, *s.* 1. Put in favour, recommend to kindness: faigh a steach, mol thu féin do, faigh caoimhneas o. 2. recommend, render easy: mol, mol do.
INGRATIATING, *s.* Faotainn a stigh, féin-mholadh do, moladh do.
INGRATITUDE, *s.* Mi-thaingealachd, mi-ghnèitheal-achd.
INGRAVE, *v. a.* Tòrr, adhlaic, cuir 's an uaigh.
INGRAVIDATE, *v. a.* Dean torrach, dean sìolmhor.
INGREDIENT, *s.* Cungaidh, earrann-measgachaidh.
INGRESS, *s.* Dol a steach, dol a stigh, slighe.
INGRESSION, *s.* Dol a stigh.
INGUINAL, *adj.* Blianach, loch-bhlèineach.
INGULPH, *v. a.* Sluig, sluig suas, cuir an slochd.
INGURGITATE, *v. a.* et *n.* Sluig suas, leig sìos, geòcaich, dean geòcaireachd.
INGURGITATION, *s.* Slugadh suas, leigeadh sìos, geòcaireachd.
INGUSTABLE, *adj.* Do-bhlasta, neo-bhlasta.
INHABILE, *adj.* Neo-dheas, neo-thapaidh, neo-chleachdta, neo-làmhach, neo-ealanta.
INHABILITY, *s.* Neo-dheasachd, neo-thapaidheachd, neo-làmhachd, neo-ealantachd.
INHABIT, *v. a.* et *n.* 1. Dwell in, hold as a dweller: àitich, sealbhaich. 2. dwell in, live: còmhnuich, fan, tàmh, fuirich.
INHABITABLE, *adj.* 1. Capable of affording habitation: so-aitreabhach, so-àiteachaidh. 2. See Uninhabitable.
INHABITANCE, *s.* Àite-tàimh, còmhnuidh, tuineachas, àros.
INHABITANT, *s.* Fear-àiteachaidh, fear-còmhnuidh, fear-dùthcha. *pl.* luchd-àiteachaidh.
INHABITATION, *s.* 1. Abode, place of dwelling: àros, àite-tàimh, còmhnuidh. 2. the act of inhabiting, state of being inhabited: àiteachadh. 3. quantity of inhabitants: luchd-àitheachaidh, luchd-còmhnuidh.

INHABITER, *s.* Fear-àiteachaidh, fear-còmhnuidh.
INHABITRESS, *s.* Bean-àiteachaidh.
INHALE, *v. a.* Tarruing t' anail, gabh a steach leis an anail.
INHARMONIOUS, *adj.* Neo-bhinn, neo-fhonnmhor.
INHERE, *v. n.* Lean ri, bi ann, bi an aoraibh.
INHERENCE, INHERENCY, *s.* Leantuinn ri.
INHERENT, *adj.* Ann féin, nàdurra, dualach.
INHERENTLY, *adv.* See Inherent.
INHERIT, *v. a.* Gabh mar oighreachd, faigh mar oighreachd.
INHERITABLE, *adj.* Oighreachail, sealbhachail.
INHERITABLY, *adv.* See Inheritable.
INHERITANCE. *s.* Oighreachd, sealbh-dlighe, maoin dhligheach.
INHERITOR, *s.* Oighre, sealbhadair.
INHERITRESS, INHERITRIX, *s.* Ban-oighre.
INHERSE, *v. a.* Tòrr, adhlaic.
INHESION, *s.* Leantuinn ri, dlùth-leantuinn.
INHIATION, *s.* Togradh, dian-thogradh.
INHIBIT, *v. a.* 1. Restrain, hinder, repress, check: bac, cum air ais, grab, cuir stad air. 2. prohibit, forbid: toirmisg, seun, diùlt.
INHIBITION, *s.* 1. Restraint, hindrance: bacadh, grabadh, stad, amladh. 2. prohibition, embargo: seunadh, stad-chur, toirmeasg.
INHOLD, *v. a.* Cum, cum a stigh, cum annad féin.
INHOSPITABLE, *adj.* Neo-fhialaidh, neo-aoidheil, iargalt, coimheach, doichiollach, neo-bhiatachail, mìothair, mosach, spìocach, crìon, cruaidh, doirbh.
INHOSPITABLY, *adv.* See Inhospitable.
INHOSPITABLENESS, INHOSPITALITY, *s.* Neo-fhialaidheachd, neo-aoidhealachd, iargaltachd, coimhiche, doichiollachd, mìotharachd, mosaiche, spìocaiche, crìonachd, cruas, doirbheachd.
INHUMAN, *adj.* Mi-dhaonna, neo-dhaonna, borb, an-iochdmhor, cruaidh-chridheach.
INHUMANITY, *s.* Mi-dhaonnachd, neo-dhaonnachd, buirbe, an-iochdmhorachd, cruaidh-chridheachd.
INHUMANLY, *adv.* See Inhuman.
INHUMATE, INHUME, *v. a.* Adhlaic, tòrr.
INHUMATION, *s.* Adhlacadh, tòrradh.
INJECT, *v. a.* Tilg a stigh, tilg suas, sàth a stigh.
INJECTION, *s.* 1. Act of casting in: tilgeadh stigh. 2. a certain medicine: See Clyster.
INIMICAL, *adj.* Neo-chàirdeil, nàimhdeil, mi-run-ach.
INIMITABILITY, *s.* Do-leantalachd, do-shamhlachas.
INIMITABLE, *adj.* Do-leantalach, do-shamhlachail, gun choimeas.
INIMITABLY, *adv.* See Inimitable.
INJOIN, *v. a.* See Enjoin.
INIQUITOUS, *adj.* Eucoreach, peacach, aingidh, ana-ceart, ciontach, olc.
INIQUITOUSLY, *adv.* See Iniquitous.
INIQUITY, *s.* Eucoir, peacadh, aingidheachd, ana-ceartas, ciont, olc, olcas.
INIQUOUS, *adj.* See Iniquitous.
INITIAL, *adj.* 1. Placed at the beginning: tòiseachail, air thoiseach. 2. incipient, not complete: tòiseachail, neo-choimhlionta.
INITIALLY, *adv.* See Initial.
INITIATE, *v. a.* et *n.* 1. Instruct in the rudiments of an art: foghluim, teagaisg. 2. do the first part: tionnsgain, tòisich.
INITIATE, *adj.* 1. Unpractised: neo-chleachdta, neo-dhèanta ri. 2. newly admitted, fresh, like a novice: aineolach, neo-oileanta.
INITIATION, *s.* Ceud-thòiseachadh, ceud-ionnsach-adh.
INITIATORY, *adj.* Tòiseachail.
INITION, *s.* Tòiseachadh.
INJUDICABLE, *adj.* Do-bhreithneachaidh.
INJUDICIAL, *adj.* Mi-riaghailteach, mi-laghail.
INJUDICIOUS, *adj.* Neo-thuigseach, mi-chiallach, neo-chrìonna.
INJUDICIOUSLY, *adv.* See Injudicious.
INJUDICIOUSNESS, *s.* Neo-thuigseachd, mi-chiall, neo-chrìonnachd.
INJUNCTION, *s.* Aithn, earail, iarrtas, dian-iarrtas.
INJURE, *v. a.* Docharaich, lochdaich, ciùrr, doch-annaich, mill, dean coire do.
INJURER, *s.* Fear-dochuinn, fear-ciùrraidh, fear-millidh.
INJURIOUS, *adj.* 1. Unjust, invasive of another's rights: cronail, eucoireach, ana-ceart. 2. guilty of wrong, or injury: coireach, ciontach, docharach. 3. mischievous, unjustly hurtful: aimhleasach, docharach. 4. detractory, contumelious, reproach-ful: tarcuiseach, tàmailteach, oilbheumach.
INJURIOUSLY, *adv.* See Injurious.
INJURIOUSNESS, *s.* Eucoireachd, ana-ceartas, coir-eachas, docharachd. See Injurious.
INJURY, *s.* 1. Hurt without justice: lochd, leth-trom, ciùrradh, ana-cothrom, dochair. 2. mischief, detriment: lochd, dochunn, donas, dìobhail, urch-aid, call, calldachd. 3. annoyance: aimleasg, dragh, an-shocair, amladh. 4. contumelious lan-guage: tàir, tarcuis, masladh, oilbheum, càineadh.
INJUSTICE, *s.* Eucoir, easaontas, olc, aingidheachd, ana-cothrom, ana-ceartas, leth-trom.
INK, *s.* Dubh, dubh-sgrìobhaidh.
INK, *v. a.* Dubh.
INKHORN, *s.* Dubhadan.
INKINESS, *s.* Duibhe.
INKLE, *s.* Stìom, stiall, caol-chrios.
INKLING, *s.* Sanas, faireachadh, rabhadh.
INKSTAND, *s.* See Inkhorn.
INKMAKER, *s.* Dubhadair, fear-dèanaimh duibhe.
INKY, *adj.* Dubh.
INLAND, *adj.* Meadhon-thìreach, bràigheach.
INLAND, *s.* Meadhon-tìre, bràighe-dùthcha.
INLANDER, *s.* Fear-bràighe.
INLAPIDATE, *v. a.* Dean clochach.
INLAY, *v. a.* Càirich ann, iom-dhreachaich, breacaich.
INLET, *s.* Dorus, fosgladh, slighe, rathad, bealach, caolas.
INLY, *adj.* Meadhonach, dìomhair, foluichte.
INMATE, *s.* Coimhearsnach-tighe, co-thàmhaiche.
INMOST, *adj.* Ion-mheadhonach, a 's fhaide stigh.
INN, *s.* Tigh-òsda, tigh-òil, tigh-leanna.

INN, *v. a.* et *n.* 1. House, put under cover: cuir fuidh dhìon. 2. take up temporary lodging: fuirich, gabh cuid oidhche.

INNATE, INNATED, *adj.* Nàdurra, gnèitheach, dualach.

INNATELY, *adv.* See Innate.

INNATENESS, *s.* Nàdurrachd, gnèitheachas, dualachas.

INNAVIGABLE, *adj.* Do-sheòlaidh, eu-domhain.

INNER, *adj.* Stigh, a 's fhaide stigh.

INNERMOST, *adj.* See Inmost.

INNHOLDER, *s.* See Innkeeper.

INNING, *s.* See Ingathering.

INNKEEPER, *s.* Òsdair, fear-tigh-òsda, grùdair.

INNOCENCE, INNOCENCY, *s.* 1. Purity from injurious action: neo-chiontachd, neo-chiontas. 2. harmlessness, innoxiousness: neo-lochdachd, neo-chronalachd. 3. freedom from guilt imputed: fìreantachd, ionracas, neo-chiont. 4. simplicity of heart: simplidheachd, treibhdhireas.

INNOCENT, *adj.* 1. Pure from mischief: neo-chiontach. 2. free from any particular guilt: neo-chiontach, neo-choireach, glan. 3. unhurtful, harmless in effects: neo-lochdach, neo-chronail.

INNOCENT, *s.* 1. One free from guilt or harm: neo-chiontach, neo-choireach. 2. a natural, an idiot: baothar, òinseach, ùmaidh.

INNOCENTLY, *adv.* See Innocent.

INNOCUOUS, *adj.* 1. Harmless in effects: neo-chronail, neo-lochdaidh, neo-lochdach. 2. doing no harm: neo-choireach.

INNOCUOUSLY, *adv.* See Innocuous.

INNOCUOUSNESS, *s.* Neo-lochdachd, neo-choireachd, neo-chronalachd.

INNOMINABLE, *adj.* Do-ainmeachaidh.

INNOMINATE, *adj.* Neo-ainmichte.

INNOVATE, *v. a.* 1. Bring in something not known before: ùr-ghnàthaich, dean ùr-chaochladh. 2. change by introducing novelties: ùr-ghnàthaich, atharraich.

INNOVATION, *s.* Ùr-ghnàthachadh.

INNOVATOR, *s.* Ùr-ghnàthadair, fear-ùr-chleachaimh.

INNOXIOUS, *adj.* Neo-lochdach, no-choireach, neo-chiontach.

INNOXIOUSLY, *adv.* See Innoxious.

INNOXIOUSNESS, *s.* Neo-lochdachd, neo choireachd, neo-chiontachd.

INNUENDO, *s.* Fiar-fhabhadh, leth-fhocal, draois-fhocal.

INNUMERABILITY, *s.* Do-àireamhtachd.

INNUMERABLE, *adj.* Do-àireamhach, do-chunntaidh, do-àireamhta.

INNUMERABLY, *adv.* See Innumerable.

INNUMEROUS, *s.* Neo-àireamhta, an-iomadaidh.

INOBEDIENCE, *s.* See Disobedience.

LIGHTHEADED, *adj.* 1. Unsteady, loose, thoughtless, weak: corr-cheannach, sgaogach, eutrom, gog-cheannach. 2. delirious: air boile, air mhearan-céille, gòrach.

LIGHTHEADEDNESS, *s.* Gòraiche, mearan-céille.

LIGHT-HEARTED, *adj.* Sunndach, suigeartach, aighearach, aigeantach, cridheil.

LIGHT-HOUSE, *s.* Tigh-soluis.

LIGHT-LEGGED, *adj.* Eutrom, luath, luath-chosach, siubhlach, grad-cheumach.

LIGHTLESS, *adj.* Doilleir, dorcha, gun solus.

LIGHTLY, *adv.* See Light.

LIGHTNESS, *s.* 1. Want of weight: eutromachd, eutruime. 2. inconstancy, unsteadiness: luaineachas, neo-sheasmhachd, guaineas. 3. unchastity: neo-gheamnuidheachd. 4. agility, nimbleness: lùthmhorachd, cliseachd.

LIGHTNING, *s.* Dealanach, teine-dealanaich, tein'-athar, teine speur.

LIGHTS, *s.* See Lungs.

LIGHTSOME, *adj.* 1. Luminous, not dark, not opaque: soilleir, soillseach, dealrach. 2. gay, airy, having the power to exhilarate: sunndach, aighearach, cridheil.

LIGHTSOMENESS, *s.* 1. Luminousness, not opacity, not obscurity: soilleireachd, soillseachd. 2. cheerfulness, merriment, levity: sunnd, sunndachd, sùrd, aighear, cridhealas.

LIGNEOUS, LIGNOUS, *adj.* Fiodha, fiodhach.

LIGURE, *s.* Ligur.

LIKE, *adj.* 1. Resembling, having resemblance: coltach, coslach. 2. equal, of the same quantity: ionann. 3. likely, in a state giving probable expectation: coltach, coslach, so-chreidsinn.

LIKE, *s.* 1. Some person or thing resembling another: mac-samhuil, samhuil, samhladh. 2. like, used with *had*, i. e. had like: theab, theabadh.

LIKE, *adv.* 1. In the same manner: ionann agus, amhuil, amhuil mar, mar. 2. in such manner as befits: mar. 3. likely, probable: coltach.

LIKE, *v. a.* et *n.* 1. Choose, with some degree of preference: togair, roghnaich, gabh mar roghainn. 2. approve, view with approbation: gabh ciatfadh dhe. 3. please, be agreeable to: taitinn ri. 4. liken: samhluich. 5. be pleased, chuse, list: togair, bi toileach, be deònach.

LIKELIHOOD, } *s.* Coltas, coslach, cosmhalachd. In
LIKELINESS, } all likelihood: a réir coslais, a rèir gach coslais.

LIKELY, *adj.* 1. Such as may be liked, such as may please: taitneach, riochdail, dreachmhor. 2. probable: coltach, cosmhuil.

LIKELY, *adv.* See Likely, *adj.*

LIKEN, *v. a.* Samhluich, coimeas.

LIKENESS, *s.* 1. Representation, parable, comparison: samhladh. 2. resemblance, similitude: coslas, coltas, cosmhalachd. 3. form, appearance: dreach, coslas, dealbh. 4. a copy: mac-samhuil.

LIKEWISE, *adv.* Mar an ceudna, air a' mhodh cheudna, fòs, cuideachd.

LIKING, *adj.* Sultmhor, reamhar.

LIKING, *s.* 1. Good state of body, plumpness: sultmhorachd, reamhrachd. 2. state of trial: deuchainn. 3. inclination, desire: togradh, toil. 4. delight in, pleasure in: tlachd, toil-inntinn, toileachas.

LILY, *s.* Lilidh, neòinean.

LILY-DAFFODIL, *s.* Lus-a'-chrom-chinn.

LILY-HANDED, *adj.* Geal-lamhach.

LILY-LIVERED, *adj.* Cladhaireach, gealtach.

LILT, *v. n.* Dean gu clis, dean gu grad.

LIMATURE, *s.* Gaineamh mhiotailte, duslach an eadha.

LIMB, *s.* Ball, ball-cuirp. (of a tree): meur, geug.

LIMB, *v. a.* 1. Supply with limbs: cuir buill ri. 2. tear asunder, dismember: reub, srac, cuir as a bhuill.

LIMBECK, *s.* See Alembic.

LIMBED, *adj.* Cumta, iomlan 'n a bhallaibh.

LIMBER, *adj.* So-lùbaidh, so-thoinneamh, maoth.

LIMBERNESS, *s.* So-lùbaidheachd, maothachd.

LIMBLESS, *adj.* Gun bhuill, lom.

LIMBO, *s.* 1. A fabulous region bordering on hell, without pleasure or pain: ionad mharbh. 2. hell: ifrinn. 3. any place of misery and restraint: gainntir.

LIME, *s.* 1. A viscous substance drawn over twigs to catch birds: glaodh eun. 2. matter of which mortar is made: aol.

LIME, *v. a.* 1. Entangle, ensnare: rib, glac. 2. smear with lime, manure with lime: aol.

LIMEHOUND, *s.* Mìal-chu.

LIME-KILN, *s.* Àth-aoil.

LIMESTONE, *s.* Clach-aoil.

LIME-WATER, *s.* Uisge-aoil.

LIMIT, *s.* Crìoch, iomall, oir, ceann-crìche.

LIMIT, *v. a.* Cuairtich, cuir crìoch ri, cuir crìoch mu, suidhich crìochan.

LIMITANEOUS, *adj.* Crìochail, iomallach.

LIMITARY, *adj.* Crìoch-chaithriseach.

LIMITATION, *s.* 1. Restriction: crìoch-chur, bacadh. 2. circumspection: furachras, faicill. 3. limited time: ùine shuidhichte.

LIMITLESS, *adj.* Neo-chrìochnach.

LIMMER, *s.* 1. See Limehound. 2. a thill, or shaft: làimh, samhach.

LIMN, *v. a.* Tarruing, tarruing dealbh.

LIMNER, *s.* Fear-tarruing dhealbh.

LIMOUS, *adj.* Làibeach, clàbarach, làthachail.

LIMP, *v. n.* Bi bacach, bi crùbach, falbh air lethchos.

LIMP, *s.* Crùbaiche, bacaiche.

LIMPER, *s.* Fear bacach, fear crùbach.

LIMPET, *s.* Bàirneach.

LIMPID, *adj.* Glan, soilleir, trìd-shoilleir.

LIMPIDNESS, *s.* Gloine, soilleireachd, trìd-shoilleireachd.

LIMPINGLY, *adv.* Gu crùbach, gu bacach.

LIMPITUDE, *s.* See Limpidness.

LIMY, *adj.* 1. Viscous, glutinous: glaodhach. 2. containing lime: aolach.

LIN, *v. n.* Stad, thoir thairis sguir, leig dhiot.

LINCHPIN, *s.* Tarrung-aisil.

LINCTUS, *s.* Iocshlaint imlich.

LINDEN, *s.* Teile, crann-teile.

LINE, *s.* 1. Longitudinal extension: sgrìob, fad, sìneadh. 2. a slender string: sreang, sreangag. 3. a thread extended to direct any operations: sreang, còrd. 4. the string that sustains the angler's hook: driamlach, teilg. 5. lineaments or marks in the hands or face: stiall, stiallag. 6. delineation, sketch: dreach, cumadh, riaghailt. 7. as much as is written from one margin to the other, a verse: sreath-sgrìobhaidh, ceum dàin. 8. rank of soldiers: sreath, sreath-bhuidhne. 9. work thrown up, a trench: dìg-daingnich. 10. method, disposition: dòigh, alt, seòl, riaghailt. 11. extension, limit: fad, astar, fad-crìche. 12. equator, equinoctial circle: crios-meadhoin an t-saoghail. 13. progeny, family, ascending, or descending: linn, iarmad, sliochd, sìol, gineal. 14. the tenth part of an inch: deicheamh earrann na h-òirleich. 15. a letter: litir. 16. lint, or flax: lìon.

LINE, *v. a.* 1. Cover on the inside: lìnig, cluthaich. 2. guard within: daingnich, dìon. 3. strengthen by inner works: daingnich. 4. cover with something soft: còmhdaich. 5. strengthen with help: neartaich. 6. impregnate, applied to animals generating: dean torrach, dàir, reithich.

LINEAGE, *s.* Linn, sliochd, iarmad, clann, cinneadh, fine, sìol, teaghlach, gineal.

LINEAL, *adj.* 1. Composed of lines, delineated: sìnte, sreathach, dealbhta, tarruingte. 2. descending in a direct genealogy: dìreach, dligheach. 3. hereditary, derived from ancestors: dligheach,

dualach, dùthchasach. 4. allied by direct descent: dàimheil, an cleamhnas.

LINEALLY, *adv.* See Lineal.

LINEAMENT, *s.* Cruth, dreach, dualachas, comhàrradh, gnùise.

LINEAR, *adj.* See Lineal, 1.

LINEATION, *s.* Stiall, sgrìob, sgriach, sreath.

LINEN, *s.* Anart, lìon-eudach.

LINEN, *adj.* Anartach, mar anart.

LINENDRAPER, *s.* Reiceadair anairt.

LINNENER, LINNENMAN, *s.* See Linendraper.

LING, *s.* 1. Heath: fraoch, sliabh. 2. a certain fish: langa.

LINGER, *v. n.* 1. Remain long in languour and pain: bi fada am péin, bi fuidh chràdh-thinneas. 2. hesitate, be in suspense: ag, bi an teagamh, bi an iom-chomhairle. 3. remain long; in an ill sense: dean màirneal, dean fadal. 4. remain long, without any action or determination: dean fadal, cuir dàil ann, dean dàil. 5. wait long in expectation, or uncertainty: fuirich, fan ri. 6. be long in producing effect: bi fada ri, gabh ùine.

LINGERER, *s.* Fear-màirneil, fear-fadail, fear dàlach, fear leasg, lunndair.

LINGERING, *s.* Màirneal, fadal, dàil.

LINGERINGLY, *adv.* Gu màirnealach, gu fadalach, gu h-adhaiseach.

LINGET, *s.* Òrd beag miotailte, geinn.

LINGLE, *s.* Snàithinn greusaiche.

LINGO, *s.* Cànain, cainnt, teanga, seòl-labhairt.

LINGUACIOUS, *adj.* Cainnteach, bruidhneach, briathrach, gobach.

LINGUIST, *s.* Fear-chànain, teangair, fear ionnsuichte an cainntibh.

LINIMENT, *s.* Cungaidh-leighis, sàbh, acfhuinn-ungaidh.

LINING, *s.* Lìnig, lìnigeadh.

LINK, *s.* 1. A single ring of a chain: tinne, dula. 2. any thing doubled, and closed together: cuairteag, deala. 3. a chain, any thing connected: ceangal, ceanglachan. 4. a torch: leus, torr-leus.

LINK, *v. a.* et *n.* 1. Complicate, as the links of a chain: co-cheangail, tàth, figh 's a chéile. 2. unite, join in concord: co-dhlùthaich, aon, co-cheangail. 3. join, connect: ceangail, aonaich, co-cheangail. 4. join by confederacy, or contract: dean co-cheangal ri, cuir an bannaibh, cuir an co-chomunn. 5. connect, as concomitant: dlùthaich ceangail. 6. link *in*, be connected: bi am bannaibh, bi 'n dlùthachd.

LINKBOY, LINKMAN, *s.* Fear-torr-leus, gille-leus, gille-soluis.

LINNET, *s.* Bricean-beithe, gealan-lìn.

LINSEED, *s.* Ros-lìn, fras-lìn.

LINSEY, LINSEY-WOOLSEY, *s.* Drogaid.

LINSEY-WOOLSEY, *adj.* 1. Made of linen and wool mixed: drogaideach. 2. vile, mean, of different and unsuitable parts: neo-mhaiseach, mìothar, suarach.

LINSTOCK, *s.* Maide-teine, fadadh-cluaise.

LINT, *s.* 1. The soft substance commonly called flax: lìon. 2. linen scraped into soft woolly substance to lay upon sores: caiteas.

LINTEL, *s.* Àrd-dorus, for-dorus.

LION, *s.* Leòmhann.

LIONESS, *s.* Leòmhan boirionn, ban-leòmhan.

LIONLIKE, LIONLY, *adj.* Leòmhannach, leòmhanta.

LIP, *s.* 1. The outer part of the mouth: bile, lip. 2. the edge of any thing: oir, bile, foir. 3. make *a lip*: cuir bus ort.

LIP-DEVOTION, *s.* Aoradh-beòil.

LIP-GOOD, *adj.* Beul-mhaith, beul-bhreagha.

LIP-LABOUR, *s.* Briathrachas, briathran gun seadh.

LIPOTHYMOUS, *adj.* Paiseanach, breisleachail, dol an neul.

LIPOTHYMY, *s.* Paisean, breisleach, neul.

LIPPED, *adj.* Bileach, busach, oireach.

LIPPITUDE, *s.* Prabaiche, brach-shuileachd.

LIP-WISDOM, *s.* Beul-ghliocas, gliocas-beoil.

LIQUABLE, *adj.* So-leaghaidh.

LIQUATION, *s.* 1. Act of melting: leaghadh. 2. capacity to be melted: so-leaghachd.

LIQUATE, *v. n.* Leagh, fas tana.

LIQUEFACTION, *s.* Leaghadh.

LIQUEFIABLE, *adj.* So-leaghaidh.

LIQUEFY, *v. a.* et *n.* Leagh, fàs tana.

LIQUESCENCY, *s.* Leaghtachd, leaghantachd.

LIQUESCENT, *s.* Leaghtach, leaghanta.

LIQUEUR, *s.* Dràm cubhraidh.

LIQUID, *adj.* 1. Not solid, fluid: tana. 2. soft, clear: bog, tais, soilleir. 3. pronounced without any jar or harshness: mìn, so-labhraidh.

LIQUID, *s.* Dibh, uisge, deoch, ni tana sam bith, mar uisge.

LIQUIDATE, *v. a.* Glan air falbh, lughdaich fiachan.

LIQUIDATION, *s.* Glanadh air falbh, lughdachadh fhiachan.

LIQUIDITY, LIQUIDNESS, *s.* Tainead, tanad, leaghtachd, uisgealachd.

LIQUOR, *s.* Deoch, dibh, deoch làidir. See Liquid, *s.*

LIQUOR, *v. a.* Fliuch, bogaich, taisich.

LIQUORICE, *s.* See Licorice.

LISNE, *s.* Fàslach, còs, lag.

LISP, *v. a.* et *n.* 1. Utter with a lisp, express imperfectly, or with hesitation: dean liotaiche, labhair gu h-agail. 2. speak with too frequent appulses of the tongue to teeth or palate: bi liotach, bi manndach.

LISPER, *s.* Fear liotach, fear manndach.

LISPINGLY, *adv.* Gu liotach, gu manndach.

LISSOM, *adj.* See Limber.

LIST, *s.* 1. A roll, a catalogue: clàir-ainm, ainm-chlàr. 2. enclosed ground in which tilts are run: ionad-còmhraig. 3. bound, limit: crìoch, iomall. 4. desire, willingness, choice: togradh, miann, toil. 5. a strip of cloth: stiall, stìom. 6. a border: oir.

LIST, *v. a.* et *n.* 1. Enrol, register: tog, cuir an àireamh, cuir a stigh t' ainm. 2. retain and enrol soldiers, enlist: gubh, cuir airgiod righ air, gabh mar shaighdear. 3. enclose for combats: cuairtich, dùin a stigh ionad còmhraig. 4. sew together:

fuaigh. 5. hearken to, listen, attend: éisd, thoir an aire do, dean far-chluais.

LISTED, *adj.* Stiallach.

LISTEN, *v. n.* Éisd, thoir aire do, dean far-chluais.

LISTENER, *s.* Fear-éisdeachd, fear-far-chluais.

LISTFUL, *adj.* Aireachail, faicilleach.

LISTLESS, *adj.* 1. Without inclination, without any determination to one thing more than another: coma, coimheis, neo-umhailleach. 2. careless, heedless: neo-chùramach, gun aire, neo-mhothachail.

LISTLESSLY, *adv.* See Listless.

LISTLESSNESS, *s.* Cion-umhaill, coimhiseachd, neo-mhothalachd, nao-aire, neo-chùram.

LIT, *pret.* of Light, *v.* Las, dh' fhadaidh, bheothaich, shoillsich. See Light, *v.*

LITANY, *s.* An Liodan, fuirm-ùrnuigh, ùrnuigh, fhuirmeil.

LITERAL, *adj.* Litireil, litireach.

LITERAL, *s.* An litir, seadh na litreach.

LITERALITY, *s.* Prìomh sheadh, seadh litireil.

LITERALLY, *adv.* See Literal.

LITERARY, *adj.* Ionnsuichte, foghluimte, oileanaichte, grinn-fhoghluimte, a bhuineas do ghrinn-fhoghlum.

LITERATE, *adj.* Ionnsuichte, foghluimte.

LITERATI, *s.* Luchd-foghluim, aois-fhoghluim.

LITERATOR, *s.* Oide-foghluim, maighstir-sgoile.

LITERATURE, *s.* Oilean, foghlum, grinn-fhoghlum, feallsanachd.

LITHE, *adj.* See Limber.

LITHENESS, *s.* See Limberness.

LITHER, *adj.* 1. Soft, pliant: maoth, tais, so-lùbaidh. 2. bad, sorry, corrupt: olc, suarach, truaillidh.

LITHOGRAPHY, *s.* Cloch-sgrìobhadh, cloch-ghrabhadh.

LITHOMANCY, *s.* Cloch-fhàisneachd.

LITHONTRIPTICK, *adj.* Cloch leaghtach, leaghtach air cloch-fhuail.

LITHOTOMIST, *s.* Léigh fuail-chloich.

LITHOTOMY, *s.* Gearradh air son na cloich-fhuail.

LITHY, *adj.* Maoth, so-lùbaidh.

LITIGANT, *s.* Lagh-thagradair, tagairtear-lagha.

LITIGANT, *adj.* Lagh-thagairteach, agartach, tagluinneach.

LITIGATE, *v. a.* Dean lagh ri, dean cùis lagha, agair lagh air.

LITIGATION, *s.* Tagairt, tagradh, cùis-lagha, tagairt-lagha.

LITIGIOUS, *adj.* 1. Inclinable to law-suits, quarrelsome, wrangling: lagh-agartach, conasach. 2. disputable, controvertible: connspoideach, doirbh, deacair.

LITIGIOUSLY, *adv.* See Litigious.

LITIGIOUSNESS, *s.* Tagluinneachd, connspoideachd, buaireasachd, conasachd.

LITTER, *s.* 1. A kind of vehicular bed: crò-leabaidh, carbad-codail. 2. the straw laid under animals, or on plants: connlach, leabadh. 3. a brood of young: cuain. 4. any number of things thrown sluttishly about: treamsgal, ùtrais.

LITTER, *v. a.* 1. Bring forth: beir, beir àl. 2. cover with things negligently, or sluttishly: ùtraisich, cuir 'n a ùtrais. 3. cover with straw: cuir connlach fuidh, cuir connlach air.

LITTLE, *adj.* 1. Small in extent: beag, cumhang. 2. not great, of small bulk, diminutive: crìon, meanbh, beag. 3. of small dignity, power, or importance: neo-inbheach, beag, suarach, ìosal, bochd. 4. not much, not many: tearc, aineamh, gann. 5. some, not none: beagan, cuid.

LITTLE, *s.* 1. A small space: beagan. 2. a small part, a small proportion: beagan, earran bheag. 3. a slight affair: rud beag, neo-ni.

LITTLE, *adv.* See Little, *adj.*

LITTLENESS, *s.* 1. Smallness of bulk: meanbhachd, bige, beagachd, crìonachd, crìonad, lughad. 2. want of dignity: mìotharachd, suarachas, neo-uaisleachd.

LITTORAL, *adj.* Cladachail, tràigheach, oirthireach.

LITURGY, *s.* Ùrnuigh choitchionn, deas-ghnath aoraidh.

LIVE, *v. n.* 1. Be in a state of animation: bi beò. 2. pass life in any certain manner with regard to habits: thig beò, caith do bheatha. 3. continue in life: mair, mair beò. 4. remain undestroyed: mair, seas, buanaich. 5. continue, be not lost: mair, bi làthair. 6. converse, cohabit with: còmhnuich le, bi an comunn ri. 7. feed *upon:* thig beò air. 8. maintain thyself, be supported: beathaich thu féin, bi air do bheathachadh. 9. be in a state of motion, or vegetation: bi beò. 10. be unextinguished: bi beò, mair beò.

LIVE, *adj.* 1. Quick, not dead: beò. 2. active, not extinguished: beothail, beathail. 3. vivid, spoken of colour: beothail, grinn.

LIVELESS, *adv.* See Lifeless.

LIVELIHOOD, *s.* 1. Support of life, maintenance: beathachadh, teachd-an-tìr, lòn. 2. living form, appearance of life: beatha, beathalachd.

LIVELILY, *adv.* See Lively.

LIVELINESS, *s.* 1. appearance of life: beatha, deò. 2. vivacity, sprightliness: beothalachd, sunndachd, cridhealachd.

LIVELOAD, *s.* See Livelihood.

LIVELONG, *adj.* Fadalach, buan, sgìth.

LIVELY, *adj.* 1. Brisk, vigorous, vivacious: sunndach, beothail, cridheil. 2. gay, airy: meanmnach, aighearach, ait, mear. 3. representing life: beothail. 4. strong, energetic: làidir, tapaidh, fearail.

LIVELILY, LIVELY, *adv.* See Lively, *adj.*

LIVER, *s.* Fear beò, neach beò, cré.

LIVER, *s.* Atha, adha, grùan.

LIVER-COLOUR, *adj.* Dubh-ruadh, dubh-dhearg, dorch-dhearg.

LIVERED, *adj.* Athach, adhach, grùanach.

LIVERY, *s.* 1. Act of giving possession: seilbhthabhairt, no, seilbh-ghabhail. 2. release from wardship: saorsa, comas, cead, fuasgladh. 3. the writ by which possession is obtained: sgrìobhadh-seilbh, seilbh-sgrìobhadh, bann. 4. clothes given to servants: eudach sheirbhiseach, éideadh-suaich-

eantais. 5. a particular dress, a garb worn as a token or consequence of any thing: eudach-suaicheantais, culaidh-shuaicheantais.

Liveryman, *s.* 1. One wearing a livery, a servant of an inferior kind: gille suaicheantais. 2. (in London) a free man of a company: saoranach am baile Lunnuinn.

Lives, *s. pl.* of Life. Beathan, beathachan.

Livid, *adj.* Dubh-ghorm.

Lividity, Lividness, *s.* Dubh-ghuirme.

Living, *part. adj.* Beò, beothail.

Living, *s.* 1. Support, maintenance: beathachadh, teachd-an tir, beòlaind, lòn. 2. power of continuing life: comas-beatha, tighinn beò, beatha. 3. See Livelihood. 4. benefice of a clergyman: beathachadh.

Livingly, *adv.* An staid bheò, an staid nam beò.

Lixivial, *adj.* Saillte, salannach, làn salainn.

Lixiviate, Lixiviated, *adj.* Saillteach, salannach.

Lixivium, *s.* Uisge làn salainn.

Lizard, *s.* Dearc-luachaire, dearc-luachrach.

Lo, *interj.* Faic, feuch, seall, amhairc.

Load, *s.* 1. A burden, a freight, lading: luchd, lòd, eallach. 2. weight, pressure, incumbrance: éire, eallach, cudthrom. 3. weight, or violence of blows: cudthrom. 4. any thing that depresses: trom, truime, cudthrom, uallach. 5. as much drink as one can bear: sàr-dheoch, pòit.

Load, *v. a.* 1. Burden, freight: luchdaich, eallaich, lìon. 2. encumber, embarrass: cuimrigich, cuir fuidh éire. 3. charge a gun: cuir urchair a stigh, lìon. 4. make heavy by something appended to: cudthromaich, tromaich, amail.

Loader, *s.* Fear-luchdachaidh.

Loadsman, *s.* Fear-iùil, ceann-iùil.

Loadstar, *s.* See Polestar.

Loadstone, *s.* Clach-iùil.

Loaf, *s.* Builionn.

Loam, *s.* Fearann reamhar, trom-thalamh, talamh-laomaidh.

Loamy, *adj.* Laomaidh.

Loan, *s.* Iasad, iasachd, coingheall.

Loath, *adj.* Aindeonach, leasg, neo-ullamh.

Loathe, *v. a.* et *n.* 1. Hate, look on with abhorrence: fuathaich, sgreataich roimh, gabh daoch roimh. 2. consider with disgust or satiety: gabh gràin ri, dubh-fhuathaich. 3. feel abhorrence or disgust: tog aobhar ghràin.

Loather, *s.* Fear-gràin, fear sgreataidheachd.

Loathful, *adj.* 1. Abhorring, hating: fuathachail, gràineachail. 2. abhorred, hated: gràineil, fuathmhor, daochail, sgreataidh.

Loathing, *s.* Gràin, fuath, sgreat, daoch.

Loathingly, *adv.* Gu sgreataidh, gu sgreamhail, gu gràineil, gu daochail, gu déisdeineach.

Loathly, *adv.* Gràineil, sgreataidh, sgreamhail, daochail, déisdeineach.

Loathly, *adv.* See Loath.

Loathness, *s.* Aindeonachd, raige, aindeoin, easbhuidh toile.

Loathsome, *adj.* See Loathly, *adj.*

Loathsomely, *adv.* See Loathly, *adj.*

Loathsomeness, *s.* Gràinealachd, sgreamhalachd, sgreataidheachd, déisdeineachd.

Loaves, *s. pl.* of Loaf, which See.

Lob, *s.* 1. Any one heavy, clumsy, or sluggish: ludair, slaodair, liobasdair, bumeilear. 2. lob's pound, a prison: toll-bùth, gainntir. 3. big worm: biathainn.

Lob, *v. a.* Leag le luidseadh, leig le spleòic.

Lobby, *s.* Roimh-ionad, eadar-sheòmar, foir-sheòmar.

Lobe, *s.* Roinn, earrann, duilleag an sgamhain, taobh-chridhe.

Lobster, *s.* Giomach.

Local, *adj.* 1. Having the properties of place: ionadach. 2. relating to place: àiteil, ionadail. 3. being in a particular place: dùthchasach, dùthcha.

Locality, *s.* Ionadachd, àite, ionad, còmhnuidh.

Locally, *adv.* See Local.

Locate, *v. a.* Suidhich, thoir còmhnuidh do, càirich ann.

Location, *s.* Suidheachadh, toirt còmhnuidh do, càireadh ann.

Loch, *s.* Loch, linne.

Lock, *s.* 1. Of a door, &c.: glas. 2. the part of a gun by which the fire is struck: gleus. 3. a hug, a grapple: dlùth-ghreimeachadh, iom-dhruideadh. 4. a quantity of hair hanging together: bachlag, ciabh-fuilt, ròinne, dual, ciabhag. 3. a quantity of wool: ròinne, ròinneag, toinntean, badan: a tuft: badan.

Lock, *v. a.* et *n.* 1. Shut or fasten with locks: glais. 2. shut up, or confine as with locks: druid, dùin. 3. close fast: druid, cruaidh-dhruid, glais. 4. become fast by a lock: bi dùinte, bi glaiste, bi druidte. 5. unite by mutual insertion: bi dlùthaichte, bi air alpadh.

Locker, *s.* Àite-gleidhidh, àite glaiste, taisg-ionad, cisteag.

Locket, *s.* Seud-glasaidh, glas bheag, glasag-muineil.

Lockram, *s.* Garbh-anart, anart asgairt.

Locksmith, *s.* Gobha-ghlasachan.

Locomotion, *s.* Gluasad, carachadh, siubhal.

Locomotive, *adj.* Gluasadach, carachail, siubhlachail.

Locomotivity, *s.* Comas-gluasaid, comas-siùbhail.

Locust, *s.* Locust.

Locution, *s.* Cainnt, bruidhean, labhairt.

Lodge, *v. a.* et *n.* 1. Place in a temporary habitation: cuir an ionad còmhnuidh, cuir an àite-tàimh, suidhich an àite. 2. afford a temporary dwelling, harbour one for a night: thoir aoidheach do, thoir cuid-oidhche do. 3. place, plant: suidhich, socruich, càirich. 4. fix, settle: daingnich. 5. place in the memory: gleidh an cuimhne. 6. harbour, or cover: thoir fasgadh do, dìon. 7. afford place to: thoir àite do. 8. lay flat: leag, leag ri làr. 9. reside, keep residence: tuinich, còmhnuich, gabh còmhnuidh ann, fan, tàmh ann. 10. take a temporary habitation: foisich, gabh tàimh, fuirich,

stad. 11. take up residence at night: fuirich, fan, tàmh. 12. lie flat: luidh, luidh air làr.

LODGE, *s.* Tighean, tigh beag, tigh-fasgaidh, tigh-geata.

LODGEMENT, *s.* 1. Disposition, or collocation in a certain place: cruinneachadh, càireadh. 2. accumulation, collection: cruinneachadh, dòmhlachadh. 3. possession of the enemy's work: seilbh, seilbh-ghlacadh, toirt a mach daingnich.

LODGER, *s.* Fear-fàrdoich, fear-tàimh, aoidh, fear-àrois.

LODGING, *s.* 1. Temporary habitation, rooms hired in another's house: ionad-còmhnuidh, fàrdoch. 2. place of residence: ionad-còmhnuidh, àite-tàimhe, còmhnuidh. 3. harbour, covert: dìon, fasgadh. 4. convenience to sleep on: uigheam-codail.

LOFT, *s.* 1. A floor: urlair, urlair-déile, lobhta. 2. the highest floor: àrd-lobhta, lobhta-mullaich. 3. rooms on high: seòmraichean uachdarach.

LOFTILY, *adv.* See Lofty.

LOFTINESS, *s.* 1. Height, local elevation: àirde. 2. sublimity, elevation of sentiment: uailse, àrd-smuainteachd, allaileachd. 3. pride, haughtiness: mòr-chuis, mòr-chuiseachd, àrdan, féin-bheachd, uabhar.

LOFTY, *adj.* 1. High, hovering, elevated in place: àrd. 2. elevated in condition, or character: mòr, uaibhreach, spéiseil, uasal. 3. sublime, elevated in sentiment: allail, òirdheirc. 4. proud, haughty: mòr-chuiseach, àrdanach, féin-bheachdail, uaibhreach.

LOG, *s.* 1. A shapeless, bulky piece of wood: sgonn, òrd mòr fiodha, maide mòr. 2. a Hebrew measure: tomhas Eabhruidheach.

LOGGERHEAD, *s.* Buimealear, ùmaidh, gurraiceach, amhlair, baothair. Fall to loggerheads: bi an caonnag, bi an cluasaibh a chéile.

LOGGERHEADED, *adj.* Buimeilearach, amhlaireach, baogharach.

LOGIC, *s.* Ealain-reusonachaidh, ealan-deasboireachd.

LOGICAL, *adj.* Reusonach, dian-chiallach, fìor-thoinisgeil.

LOGICALLY, *adv.* See Logical.

LOGICIAN, *s.* Filidh, fear-dian-reusonachaidh.

LOGMAN, *s.* Fear-giùlain fiodha.

LOGOMACHY, *s.* Srìth-bhriathran, connspoid mu fhocl-aibh.

LOGWOOD, *s.* Fiodh-datha, dearg-fhiodh.

LOIN, *s.* 1. The back of an animal carved out by the butcher: dronnag, dronnag-fheòla, mìr-dronnaig. 2. loins, the reins: leasraidh, blian.

LOITER, *v. a.* et *n.* 1. Consume in trifles, waste carelessly: mi-bhuilich, struidh. 2. linger, spend time carelessly, idle: dean màirneal, bi màirnealach, bi dìomhanach, bi ri steòcaireachd.

LOITERER, *s.* Fear màirneil, leisgean, lunndair, steòcaire, rong, slaodair.

LOLL, *v. a.* et *n.* 1. Put out, used of the tongue: cuir a mach. 2. lean idly, rest lazily against any thing: leag do chudthrom air, dean leth-luidhe ri, leag do thaic air. 3. hang out, used of the tongue: croch a mach.

LONDONER, *s.* Lunnuinneach.

LONE, *adj.* 1. Solitary, unfrequented, having no company: aonarach, aonaranach. 2. single, not conjoined or neighbouring to others: leis féin.

LONELINESS, *s.* 1. Solitary: aonarachd, aonaranachd. 2. disposition to solitude: dìomhaireachd, uaigneachd.

LONELY, *adj.* 1. Solitary: aonarach, aonaranach. 2. addicted to solitude: dìomhair, uaigneach.

LONELINESS, *s.* Aonarachd, aonaranachd, uaigneas.

LONENESS, *s.* Aonaranachd, uaigneas.

LONESOME, *adj.* 1. Solitary: aonarach, aonaranach. 2. dismal: tiamhaidh.

LONESOMELY, *adv.* See Lonesome.

LONESOMENESS, *s.* Aonaranachd, tiamhaidheachd.

LONG, *adj.* 1. Not short, used of time: fada, buan. 2. not short, used of space: fada, neo-gheàrr. 3. of any certain measure in length: fada. 4. not soon ceasing, or at an end: buan, maireannach. 5. dilatory: fadalach, màirnealach. 6. tedious in narration: sgìth, sgìtheil, trom. 7. continued by succession to a great series: buan, fada. 9. longing, desirous: déigheil, togarrach.

LONG, *adv.* Fada, gu fada. See Long, *adj.*

LONG, *v. n.* Miannaich, bi miannach, biodh a' mhiann ort, gabh fadal.

LONGANIMITY, *s.* Foighidinn, fad-fhoighidinn, fad-fhulangas.

LONGBOAT, *s.* Bàta mor, bàta fada.

LONGEVAL, LONGEVOUS, *adj.* Fad-shaoghalach, buan, maireannach.

LONGEVITY, *s.* Fad-shaoghal, fad-shaoghalachd.

LONGIMANOUS, *adj.* Fad-lamhach, làmh-fhadach.

LONGIMETRY, *s.* Tomhas astair, tomhas fhad, uidh-eam-thomhas.

LONGING, *s.* Miann, togradh, dian-thogradh, fadachd, geall, déidh.

LONGINGLY, *adv.* Gu miannach, gu dian-thogarrach, gu déidheil.

LONGINQUITY, *s.* Fad, astar fada, céineachd.

LONGISH, *adj.* Car fada, breac-fhada, leth-char fada.

LONGITUDE, *s.* 1. Length, the greatest dimension: fad. 2. the circumference of the earth measured from any meridian: cuairt-cruinne. 3. the distance from any part of the earth, east or west of any place: iar-astar, no, ear-astar.

LONGITUDINAL, *adj.* Air fhad.

LONGLIVED, *adj.* Aosmhor, buan-shaoghalach, fad-shaoghalach.

LONGLY, *adv.* 1. Tediously, of much continuance: gu fadalach, gu trom, gu sgìtheil. 2. longingly, with great liking: gu déidheil, gu togarrach, gu miannach.

LONGNESS, *s.* Fad, faide, faideachd.

LONGSOME, *adj.* Fadalach, sgìtheil, trom.

LONGSHANKED, *adj.* Fad-chosach, fad-luirgneach.

LONGSPUN, *adj.* Sìnteach, fada, sgìtheil.

LONGSUFFERANCE, *s.* Fad-fhulangas, fad-fhoighidinn.

LONGSUFFERING, *adj.* Fad-fhulangach, fad-fhoigidneach.

Longsuffering, *s.* Fad-fhulangas, fad-fhulangachd, fad-fhoighidinn.

Longtongued, *adj.* Fad-theangach, gobach, goileamach.

Longways, *adv.* Air 'fhad.

Longwinded, *adj.* 1. Long-breathed: fad-anaileach. 2. tedious: trom, fadalach, sgìtheil.

Longwise, *adv.* See Longways.

Lonish, *adj.* Car aonarach, breac-aonarach.

Loobily, *adj.* Cearbach, sgòdach, neo-sgairteil, luidseach.

Looby, *s.* Bumailear, blaghastair, buamasdar, liobasdair, burraidh.

Loof, *v. a.* Teann ri soirbheas, thoir a' dh' ionnsuidh na gaoithe, fan ri gaoth.

Look, *v. a.* et *n.* 1. Seek, search for: sir, iarr, rannsuich. 2. turn the eye upon: dearc, dearc air, seall air. 3. look *out*, discover by searching: rannsuich, faigh a mach. 4. direct the eye to or from any object: seall, amhairc, faic. 5. have power of seeing: faic. 6. direct the intellectual eye: dearc, seall, beachdaich. 7. expect: seall air son, bi an dùil ri. 8. take care, watch: feith, dean caithris, thoir aire, thoir an aire. 9. be directed with regard to any object: amhairc. 10. have any particular appearance, seem: amhairc, seall, taisbean. 11. have any air, mien, or manner: seall, bi coltach ri, amhairc. 12. look *about one*, be alarmed, be vigilant: bi air t' fhaicill, bi 'n ad rabhadh. 13. look *after*: seall ri. 14. look *black*, shew sign of dislike, or disgust: biodh mùig ort, biodh gruaim ort. 15. look *for*, expect: feith ri, bi an dùil, bi am beachd. 16. look *into*, sift, inspect closely: rannsuich, sir. 17. look *on*, or *upon*, respect, esteem, regard as good or bad: seall air, amhairc air, beachdaich air. 18. look *on*, be a mere idle spectator: dearc, amhairc. 19. look *over*, examine, try one by one: rannsuich, feuch, min-rannsuich. 20. look *out*, search, seek: sir, faigh rabhas air. 21. look *out*, be on the watch: bi air t' fhaicill, seall romhad. 22. look *to*, behold: dearc, dearc air.

Look, *interj.* Seall, faic, feuch.

Look, *s.* 1. Air of the face, mien, cast of the countenance: snuadh, dreach, aogas, sealladh, tuar, fiamh, neul. 2. act of looking or seeing: faicsinn, amharc. 3. view, look *out*: seallaich, fradharc.

Looker, *s.* Fear-amhairc, fear-sealltuinn.

Looking, *s.* i. e. Looking *for*: dùil.

Looking-glass, *s.* Sgàthan.

Loom, *s.* 1. The frame in which weavers work their cloth: beart, beart-fhigheadaireachd. 2. household stuff, furniture: àirneis, àirneis-tighe. 3. heir-loom: ball-sinnsireachd.

Loon, *s.* Balach, crochair, slaightear.

Loop, *s.* 1. A double through which a string or lease is drawn: lùb. 2. a small aperture in ancient castles, to spy the enemy, fire through, or admit light: sùil, eag-sùla, eag-amhairc.

Looped, *adj.* Tolltach, lùbach, sùileach.

Loophole, *s.* 1. Aperture, hole to give passage: toll, fosgladh. 2. a shift, an invasion: dorus, dorus-teichidh, ear, cuilbheart, innleachd.

Loopholed, *adj.* Sùileach, tolltach, lùbach.

Loord, *s.* Lunndair, leisgean.

Loose, *v. a.* et *n.* 1. Unbind, untie any thing fastened: fuasgail, sgaoil, lasaich. 2. relax: lasaich, fuasgail. 3. unbind any one bound: fuasgail, cuir mu sgaoil, leig fa sgaoil. 4. free from imprisonment: cuir fa sgaoil, thoir cead do, fuasgail. 5. free from any obligation: fuasgail o, cuir saor o. 6. free from any thing that shackles the mind: lasaich, thoir saorsa do, saor. 7. free from any thing painful: fuasgail. 8. disengage: fuasgail, lasaich, leig as. 9. set sail: seòl, fuasgail o chala, tog acair.

Loose, *adj.* 1. Unbound, untied: fuasgailte. 2. not fast, not fixed: las, lasach, fuasgailte. 3. not tight as a *loose robe*: farsuing. 4. not crowded, not close: neo-dhlùth, neo-dhòmhlaichte, tana, briste. 5. wanton, not chaste: macnusach, neogheamnaidh. 6. not close, not concise, lax: neodhiongmholta, fuasgailte. 7. vague, indeterminate, not accurate: neo-eagnaidh, neo-sheadhail, neo-phongail. 8. not strait, not rigid: fuasgailte, neo-aireach, neo-fhaicilleach. 9. unconnected, rambling: luaineach, siubhlach, neo-shuidhichte. 10. lax of body, not costive: fuasgailte, neo-theann. 11. disengaged, not enslaved: saor. 12. disengaged from obligation: saor, fuasgailte. 13. free from confinement: saor, fa sgaoil. 14. remiss, not attentive: neo-aireachail, neo-shuimeil. 15. *break* loose: bris a mach, bris air falbh, bris fuasgailte. 16. let *loose*, set at liberty: fuasgail, cuir fa sgaoil, thoir saorsa do.

Loose, *s.* 1. Liberty, freedom from restraint: saorsa, comas. 2. dismission from any restraining force: fuasgladh, cead, comas, saorsa.

Loosely, *adv.* See Loose, *adj.*

Loosen, *v. a.* et *n.* 1. Relax any thing tied: fuasgail, lasaich. 2. make less coherent: lasaich. 3. separate a compages: thoir as a chéile. 4. free from restraint: fuasgail, cuir saor o. 5. make not costive: fuasgail. 6. part, tend to separation: bi sgaoilteach, bi fuasgailte.

Looseness, *s.* 1. State contrary to that of being fast or fixed: fuasgailteachd, neo-dhaingneachd. 2. latitude, criminal levity: mi-stuaim, mi-gheamnuidheachd, macnus. 3. irregularity, neglect of laws: mi-riaghailteachd, buaireasachd. 4. diarrhœa, flux of the belly: fuasgladh-cuirp, gèarrach, buinneach.

Loosestrife, *s.* Lus-na-sìothaimh.

Lop, *v. a.* 1. Cut the branches of trees: geàrr, beàrr, sgud. 2. cut any thing: geàrr, beàrr, sgath.

Lop, *s.* 1. That which is cut from trees: barrach. 2. a flea: deargann.

Lopper, *s.* Bearradair, gearradair, fear-sgathaidh chrann.

Loppered, *adj.* Slamblanach, lapach.

Loppings, *s.* Barrach.

Loquacious, *adj.* Bruidhneach, labhairteach, cainnteach, teangach, beul-fhuasgailte, gobach.

LOQUACIOUSNESS, } *s.* Bruidhneachd, bruidhneachas,
LOQUACITY, } labhairteachd, cainnteachd, gobaireachd.

LORD, *s.* 1. Monarch, ruler, governor: tighearn, uachdaran, triath, righ, riaghlair. 2. master, supreme person: tighearn, maighstir. 3. a tyrant, an oppressive ruler: aintighearn, fear-ainneirt. 4. a husband: fear, fear-pòsda, céile. 5. one at the head of any business, an overseer: uachdaran, fear-riaghlaidh, feur-dreuchd. 6. a nobleman: mòr-fhear, morair, flath, triath. 7. a general name for a peer: morair.

LORD, *v. a.* et *n.* 1. Invest with the dignity and privileges of a lord: uaislich, dean morair dheth. 2. domineer, rule despotically: bi aintighearnail, bi stràiceil, dean cruaidh riaghladh, sàruich.

LORDLIKE, *adj.* 1. Befitting a lord: flathail, morarail, uasal. 2. haughty, proud, insolent: àrdanach, stràiceil, mòr-chuiseach, uaibhreach.

LORDLING, *s.* Tighearna beag, sgrog-thighearn.

LORDLINESS, *s.* 1. Dignity, high station: flathaileachd, mòrachd, urram, àrd-inbhe. 2. pride, haughtiness: uabhar, stràic, stràicealachd, mòrchuis.

LORDLY, *adj.* See Lordlike.

LORDLY, *adv.* See Lordlike.

LORDSHIP, *s.* 1. Dominion, power: tighearnas, uachdranachd, moraireachd. 2. title of honour used to a nobleman: moraireachd.

LORE, *s.* 1. Lesson, doctrine, instruction: foghlum, oilean, teagasg. 2. workmanship: obair.

LORICATE, *v. a.* Còmhdaich le miotailt, cuir lùireach air, armaich, no, beartaich le lùireach.

LORIMER, } *s.* Dialladair, fear-dèanaimh dhiallaid,
LORINER, } no shrian, fear-dèanaimh each-bheart.

LORN, *adj.* Tréigte, caillte, dìobrach, aonaranach.

LOSE, *v. a.* et *n.* 1. Forfeit by unsuccessful contest: caill. 2. forfeit as a penalty: caill. 3. be deprived of: caill. 4. suffer diminution of: caill. 5. miss so as not to find: caill, rach mearachd air. 6. ruin, send to perdition: dìthich, di-mhill. 7. deprive of: thoir o, thoir air falbh o. 8. bewilder, so as that the way is no longer known: cuir mearachd, cuir air seacharan. 9. employ not, enjoy not: caill. 10. squander, throw away: struidh, mi-bhuilich, mill. 11. suffer to vanish from view: caill, leig á fradharc. 12. destroy by shipwreck: bris, dean long-bhriseadh air. 13. miss, part with, so as not to recover: caill. 14. win not: caill. 15. decline, fail: fàiling, bi air do chlaoidh.

LOSEABLE, *adj.* So-chaillte, so-dhealachaidh.

LOSER, *s.* Fear-calldaich, am fear a chaill.

LOSING, *s.* Call, calldach.

LOSS, *s.* 1. Detriment, privation, diminution of good: call, calldachd. 2. miss, privation: dìth, uireasbhuidh. 3. deprivation, forfeiture: call. 4. destruction: milleadh, sgrios, dìtheachadh. 5. fault, puzzle, *at a loss:* iom-chomhairle, teagamh. I am at a loss: tha mi an iom-chomhairle. 6. useless application: call saothrach.

LOSSFUL, *adj.* Caillteach, dìtheachail, millteach.

LOSSLESS, *adj.* Gun chall, gun mhilleadh.

LOT, *s.* 1. Fortune, state assigned: car, suidheachadh, crannchur. 2. a die, or any thing used in determining chances: crann. 3. a portion, a parcel of goods: cuibhrionn, roinn, earrann. It was his *lot*, or his fate: bha e an dàn da.

LOT, *v. a.* 1. Assign, set apart: roinn, suidhich 'n a earrannaibh. 2. distribute into lots, catalogue: cuir an òrdugh, réitich, cuir 'n a roinnibh.

LOTION, *s.* Cungaidh-ionnlaid, cungaidh-nighe.

LOTTERY, *s.* Crannchur, cur-chrannchur, tuiteamas.

LOVAGE, *s.* Lus-an-liagaire.

LOUD, *adj.* 1. Noisy, striking the ear with great force: labhar, tartarach, àrd-fhuaimneach. 2. clamorous, turbulent: buaireasach, bruidhneach, àrd-bhruidhneach, farumach.

LOUD, } *adv.* See Loud, *adj.*
LOUDLY, }

LOUDNESS, *s.* 1. Noise, force of sound: labhrachd, fuaimneachd. 2. turbulence, vehemence of clamour: buaireasachd, buaireas, tartar, toirm, farum.

LOVE, *v. a.* et *n.* 1. Regard with passionate affection: gràdhaich, thoir gaol do, thoir gràdh do. 2. regard with the affection of a friend: gràdhaich. 3. regard with parental tenderness: gràdhaich. 4. be pleased with, delight in: gabh tlachd ann. 5. delight, take pleasure: biodh e ait le. My people love to have it so: *is ait le* m' shluaghsa e bhi mar sin.

LOVE, *s.* 1. Passion between the sexes: gaol, gràdh, déidh. 2. kindness, good-will, friendship: dàimh, càirdeas, deagh-rùn. 3. courtship: gaol, suiridh. 4. tenderness, parental care: gràdh, gaol. 5. object beloved: gaol, gràdh, rùn, aongaoil. 6. liking, inclination to: déidh, iarrtas, miann, miann air. 7. lewdness: neo-gheamnuidheachd, neo-ghloine. 8. unreasonable liking: rodhéidh, ro-thogradh, ana-miann. 9. fondness, concord: réite, aontachd, caoimhneas. 10. a word of endearment: gràidhean, gràidheag, mo ghràdh, mo ghaol. 11. due reverence to God: gràdh, àrd-urram.

LOVEABLE, *adj.* Ion-ghràidh, ion-gràdhaichte.

LOVEFAVOUR, *s.* Cuimhneachan-gràidh, cuimhneachan-gaoil.

LOVEKNOT, *s.* Snaidhm-gaoil, bad-leannanachd.

LOVELASS, *s.* Leannan.

LOVELESS, *adj.* 1. Without love, void of the passion between the sexes: gun ghràdh, neo-ghràdhach. 2. without endearment, without tenderness: neo-ghràdhach, neo-dhìleas, neo-chaoimhneil. 3. void of kindness: neo-sheirceil, neo-thlusail.

LOVELETTER, *s.* Litir-ghaoil, litir-leannanachd.

LOVELILY, *adv.* See Lovely.

LOVELINESS, *s.* Gràdhalachd, àillteachd, ionmhuinneachd.

LOVELORN, *adj.* Tréigte, cùlaichte.

LOVELY, *adj.* Gràdhail, àillidh, ionmhuinn, maiseil, maiseach.

LOVELY, *adv.* See Lovely, *adj.*

LOVEMONGER, *s.* Fear-leannanachd, gille-suiridh.

LOVER, *s.* 1. One who is in love: fear-gaoil, fear-an gaol, neach an gaol, leannan. 2. a friend, one

who regards with kindness: caraid, caomhach. 3. one who likes any thing: fear-tograidh, fear-déigheil air.

Lovesecret, *s.* Rùn, rùn-leannanachd, dìomhaireachd-gaoil.

Lovesick, *adj.* Tinn le gaol, an gaol, an tinneas-gaoil.

Lovesong, *s.* Òran-gaoil.

Lovesuit, *s.* Suiridh.

Lovetale, *s.* Sgeula-gaoil, sgeula-leannanachd.

Lovethought, *s.* Smuain-gaoil.

Lovetoy, *s.* Comharradh-gaoil, tìodhlaic-leannanachd.

Lovetrick, *s.* Ealainn-ghaoil, innleachd-ghaoil.

Lough, *s.* See Loch.

Loving, *adj.* 1. Kind, affectionate: gràdhach, caoimhneil, caomh, dàimheil, seirceil. 2. expressing kindness: gràdhach, gràdh-bhriathrach.

Loving-kindness, *s.* Caoimhneas gràidh, iochd.

Lovingly, *adv.* See Loving.

Lovingness, *s.* Caomhalachd, gràdhalachd, caoimhneas, dàimh.

Lounge, *v. n.* Bi dìomhanach, bi dìomhain, bi lunndach.

Lounger, *s.* Lunndair, fear-dìomhain, dìomhainiche.

Lour, *v. n.* See Lower, *v. n.*

Louse, *s.* Miol, mial.

Louse, *v. a.* Faisg, mialaich, sealg miallan.

Lousewort, *s.* An lus riabhach.

Lousily, *adv.* See Lousy.

Lousiness, *s.* Mialachas, mosaiche, mìotharachd.

Lousy, *adj.* 1. Swarming with lice, overrun with lice: miallach, làn mhial. 2. mean, low-born, bred on the dunghill: ìosal, tàireil, suarach. 3. mean, contemptible, applied to things: mosach, mìothar.

Lout, *s.* Ludair, burraidh, tuaisdear, sgonn balaich.

Lout, *v. n.* Crom sìos, crom gu làr.

Loutish, *adj.* Ludaireach, tuaisdeach, ludarra, balachail.

Loutishly, *adv.* See Loutish.

Lourer, *s.* Luidheir, fàrlus.

Low, *adj.* 1. Not high: ìosal. 2. not rising far upwards: ìosal. 3. not elevated in place, or local situation: ìosal. 4. descending far downwards, deep: domhain. 5. not deep, not swelling high, shallow, used of water: eu-domhain. 6. not of high price: saor. 7. not loud, not noisy: neo-fhuaimneach, neo-labhar. 8. not rising to so great a sum: beag. 9. late, or later in time: deireannach. 10. dejected, depressed: muladach, trom-inntinneach, trom, tuirseach. 11. impotent, subdued: ceannsaichte, claoidhte. 12. not elevated in rank, or station, abject: neo-inbheach, suarach, ìosal. 13. dishonourable, betokening meanness of mind: mosach, mìothar. 14. not sublime, not exalted in thought or diction: ìosal, neo-allail, bochd. 15. submissive, humble, reverent: strìochdail, ùmhal, fuidh smachd. 16. not tall: beag, crion, goirid.

Low, *adv.* See Low, *adj.*

Low, *v. a.* See Lower, *v. a.*

Low, *v. n.* Geum, dean géim, dean géimnich, dean langanaich.

Low, *s.* Lasar.

Lower, *v. a.* et *n.* 1. Bring low, bring down by way of submission: ìslich, thoir sìos, ceannsaich. 2. suffer to sink down: leig le, leig sìolaidh sìos le. 3. lessen, make less in price or value: lughdaich luach, leag luach, dean saor. 4. grow less, fall, sink: tuit, tuit sìos, sìolaidh sìos.

Lower, *v. n.* 1. Appear dark, stormy, and gloomy, be clouded: bi duaichnidh, bi neulach, dorchaich. 2. frown, pout, look sullen: bi gruamach, cuir mùig ort, bi duaichnidh.

Lower, *s.* 1. Cloudiness, gloominess: duaichnidheachd, doilleireachd, dubh-dhuibhre. 2. cloudiness of look: gruaim, mùig.

Loweringly, *adv.* Gu duaichnidh, gu doilleir, gu dubh-neulach.

Lowermost, *adj.* Iochdarach, a 's iochdaraiche, a 's ìsle, a 's doimhne, a 's faide fuidhe.

Lowing, *s.* Géimnich, geum, langan, langanaich.

Lowland, *s.* Fonn còmhnard, machair.

Lowland, *adj.* (as understood in Scotland in opposition to Highland): gallda, machaireach.

Lowlily, *adv.* See Lowly, *adj.*

Lowliness, *s.* 1. Humility, freedom from pride: iriosiachd, macantas, suairceas, stuamachd. 2. meanness, want of dignity: mìotharachd, tàirealachd, mosaiche.

Lowly, *adj.* 1. Humble, meek, mild: iriosal, macanta, stuama, suairc, ciùin, soitheamh. 2. mean, wanting dignity, not great: an-uasal, neo-uasal, mìothar, suarach. 3. not lofty, not sublime: neo-allail, ìosal. 4. not elevated in local situation: ìosal, neo-àrd.

Lowly, *adv.* See Lowly, *adj.*

Lown, *s.* Balach, burraidh, gurraiceach.

Lowness, *s.* 1. Contrariety to height: ìsleachd. 2. meanness of character or condition: suarachas, mìotharachd, neo-uaisle. 3. want of rank, want of dignity: neo-inbheachd. 4. want of sublimity: neo-allaileachd. 5. submissiveness: ùmhlachd, strìochdalachd. 6. depression, dejection: trom-inntinn, mulad, tuirse.

Lowspirited, *adj.* Mìothar, mosach, an-uasal, tàireil.

Lowthoughted, *adj.* Tàir-aigneach, neo-uasal, tàireil.

Loyal, *adj.* 1. Obedient, true to the prince: ùmhail, rìoghail, dìleas. 2. faithful in love, true to a lady, or lover: dìleas, tairis, treibhdhireach, fìrinneach.

Loyalist, *s.* Fear dìleas, fear dìleas do 'n righ.

Loyally, *adv.* See Loyal.

Loyalty, *s.* Dìlseachd, treibhdhireas, fìrinneachd, tairiseachd. See Loyal.

Lubbard, } *s.* Rag-bhallach, steòcair, slaodair, gurr-
Lubber, } aiceach, boganach.

LUBBERLY, *adj.* Slaodach, bog, gealtach, rag, dìomhanach.

LUBBERLY, *adv.* See Lubberly, *adj.*

LUBRICATE, } *v. a.* Dean sliom, lìomh, dean
LUBRICITATE, } sleamhuinn, fàg sleamhuinn.

LUBRICITY, *s.* 1. Slipperiness, smoothness of surface: sleamhnachd, sliomachd. 2. wantonness, lewdness: macnus, macnusachd.

LUBRICK, *adj.* 1. Slippery, smooth on the surface: sleamhainn, lìomhaidh. 2. wanton, lewd: macnusach, neo-gheamnuidh.

LUBRICOUS, *adj.* 1. Slippery, smooth: sleamhainn. 2. uncertain: teagamhach, neo-chinnteach.

LUBRIFICATION, } *s.* Sleamhnachadh, deanamh
LUBRIFACTION, } sleamhainn, no, réidh, no, mìn.

LUCE, *s.* Geadas, gead-iasg.

LUCENT, *s.* Lìomhaidh, dèarsach, dealrach, loinnireach.

LUCERNE, *s.* Seòrsa feòir, lusairneach.

LUCID, *adj.* 1. Shining, bright, glittering: loinnireach, dèarsach, dealrach. 2. pellucid, transparent: soilleir, glain, trid-shoilleir. 3. bright with the radiance of intellect, not darkened by madness: glan-thuigseach, céillidh, stòlda.

LUCIDITY, *s.* Loinnireachd, dèarsachd, dealrachd, trid-shoilleireachd, glan-thuigseachd. See Lucid.

LUCIDNESS, *s.* Trid-shoilleireachd, gloine.

LUCIFERIAN, *s.* Deamhnaidh, diabhlaidh.

LUCIFEROUS, *adj.* Soillseach, solusach, soilleir.

LUCIFEROUSLY, *adv.* See Luciferous.

LUCIFIC, *adj.* Solus-thabhairteach.

LUCIFORM, *adj.* Soillseach, solusach.

LUCK, *s.* 1. Chance, accident, fortune, hap, casual event: tuiteamas, tachartas, dàn, tapadh, càs. 2. fortune, good or bad: dàn, crannchur. 3. *good* luck: sealbh, rath, sonas. 4. *bad* luck: donas, anrath, mi-shealbh, mi-shonas.

LUCKILY, *adv.* See Lucky.

LUCKINESS, *s.* Sealbhachd, sealbhachas, deadh-shealbh, rath, soirbheas.

LUCKLESS, *adv.* Mi-shealbhach, mi-shona, ànrathach, ànrach.

LUCKY, *adj.* Sealbhach, rathail, soirbheasach.

LUCRATIVE, *adj.* Buannachdail, buinnigeach, tarbhach.

LUCRE, *s.* Buannachd. In an ill sense: buannachd shalach.

LUCRIFEROUS, } *adj.* Buannachdail, buinnigeach.
LUCRIFIC, }

LUCTATION, *s.* Strì, spàirn, iomairt, deuchainn, gleachd.

LUCUBRATE, *v. n.* Dean faire, cum faire, oibrich 's an oidhche, no, ri solus.

LUCUBRATION, *s.* Saothar oidhche, saothar-soluis.

LUCUBRATORY, *adj.* Saothraichte 's an oidhche, oidhch-dhèanta.

LUCULENT, *adj.* Glan, soilleir, soillseach, trid-shoilleir, cinnteach.

LUDICROUS, *adj.* Àbhachdas, àmhailteach, abhcaideach, neònach, sùgach.

LUDICROUSLY, *adv.* See Ludicrous.

LUDICROUSNESS, *s.* Àbhachdas, àmhailteachd, abhcaideachd, neònachas.

LUDIFICATION, *s.* Magadh, fanoid, spòrs.

LUDIFACTORY, *adj.* Magail, fanoideach, spòrsail, baoth.

LUFF, *s.* Dèarn, dèarnaidh, bois, bas.

LUFF, *v. n.* Cum ris a' ghaoith, teann ri soirbheas.

LUG, *v. a.* et *n.* 1. Hale, or drag, pull with rugged violence: slaod, spìon leat. 2. pull, or shake by the ear: tarruing air chluasaibh.

LUG, *s.* 1. A small kind of fish: biathainn-tràghad. 2. the ear: cluas. 3. a land measure. See Pole, and Perch, *s.*

LUGGAGE, *s.* Àirneis, goireas-turuis, treallaich.

LUGUBRIOUS, *adj.* See Mournful.

LUKEWARM, *adj.* 1. Moderately, or mildly warm: meadh-bhlàth. 2. indifferent, not ardent, or zealous: neo-thoirteil, coimhis, caoin-shuarach, neo-dhealasach, neo-eudmhor.

LUKEWARMLY, *adv.* See Lukewarm.

LUKEWARMNESS, *s.* 1. Moderate, or pleasing heat: meadh-bhlàthas. 2. indifferency, want of ardour: coimhiseachd, neo-thoirtealachd, neo-dhealasachd.

LULL, *v. a.* 1. Compose to sleep by a pleasing sound, draw to sleep: cuir 'n a chodal, cuir gu tàmh, cuir sàmhach. 2. compose, quiet, put to rest: cuir gu tàmh, cuir gu fois.

LULLABY, *s.* Òran-codail, fonn-codail, crònan, luidhleabaidh, luaidh-leabaidh.

LUMBAGO, *s.* Leum-droma. He is ill of a lumbago: leum a dhruim air.

LUMBAL, } *adj.* Leasraidheach.
LUMBAR, }

LUMBER, *s.* Treallaich, treallaich-àirneis, sean àirneis.

LUMBER, *v. a.* et *n.* 1. Heap like useless goods: dòmhlaich, cuir 'n a ùtrais. 2. move heavily, as burdened with his own bulk: luidrich, gluais trom.

LUMINARY, *s.* 1. Any body that gives light: solus. 2. any thing which gives intelligence: sanas, fear-sanais, fear-naidheachd. 3. any one that instructs mankind: fear-eòlais, fear-soillseachaidh.

LUMINATE, *v. a.* See Illuminate.

LUMINATION, *s.* See Illumination.

LUMINOUS, *adj.* 1. Shining, emitting light: soillseach, dealrach. 2. enlightened: soilleir, glan. 3. shining, bright: dèarsach, boillsgeach.

LUMINOUSLY, *adv.* See Luminous.

LUMINOUSNESS, *s.* Soillseachd, dealrachd, soilleireachd, boillsgeachd.

LUMP, *s.* 1. A small mass of any matter: meall. 2. a shapeless mass: sgonn, meall gun chumadh. 3. the whole together, the gross: am meall, an t-iomlan.

LUMP, *v. a.* Gabh còmh-luath, gabh 's an iomlan, dean meall dheth.

LUMPISH, *adj.* Trom, leasg, marbhanta, tomadach.

LUMPISHLY, *adv.* See Lumpish.

LUMPISHNESS, *s.* Truime, leisg, marbhantachd, tomadachd.

LUMPY, *adv.* Meallach, meallanach, cnapach, cnapanach.

LUNACY, *s.* Cuthach, boile, mearan-céille, bàinidh.

Lunar, *adj.* Gealachail.
Lunated, *adj.* Leth-chruinn, air chumadh leth-gealaich.
Lunatic, *adj.* Air a' chuthach, mearanach, air boile, as a chiall, baoth.
Lunatic, *s.* Fear-cuthaich, fear-mearain, neach thar a chiall.
Lunation, *s.* Cuairt na gealaich.
Luncheon, *s.* 1. As much food as one's hand can hold: làn-dùirn de 'n bhiadh, greim-bìdh. 2. a kind of meal between breakfast and dinner: biadh meadhoin-là, greim-neòin.
Lune, *s.* 1. Any thing in shape of a half-moon: ni leth-chruinn, air chumadh na leth-ghealaich. 2. a fit of lunacy, or frenzy: leum-cuthaich, leum-boile. 3. a leash: iall.
Lunette, *s.* Leth-ghealach, solus ùr, gealach bheag.
Lunged, *adj.* Sgamhanach.
Lungs, *s.* Sgamhan.
Lungwort, *s.* Crotal-coille.
Lunt, *s.* Inneal-lasaidh gunna mòir, fadadh-cluaise.
Lurch, *s.* Teinn, teinne, teanntachd, drip, iom-cheist.
Lurch, *v. a.* et *n.* 1. Devour, swallow greedily: sluig suas, deanròichd air. 2. defeat, disappoint: ruaig, cuir gu teicheadh, thoir an car á. 3. steal privily, filsh, pilfer: goid, dean frith-ghoid, siolc. 4. shift, play tricks: dean ceilg, bi cuilbheartach. 5. lie in wait. See Lurk, *v.*
Lurcher. *s.* 1. One that watches to steal, or betray, or entrap: fear foill-fholach, fear-foille. 2. a dog that watches for his game: cù-seilg,
Lurdan, *s.* Crochair, slaightear, fear mosach, lunndair.
Lure, *s.* Culaidh-bhuairidh, mealladh, buaireadh.
Lure, *v. a.* Buair, tàlaidh, meall, tarruing gu lìon.
Lurid, *adj.* Tiamhaidh, duaichnidh, gruamach.
Lurk, *v. n.* Dean feall-fholach, luidh am plaid, crùb, dean èalaidh.
Lurker, *s.* Fear-foille, fear-luidhe am plaid.
Lurking-place, *s.* Àite-foluich, ionad-foille.
Luscious, *adj.* Sòghmhor, ro-bhlasda, ro-mhilis, ro-thaitneach.
Lusciously, *adv.* See Luscious.
Lusciousness, *s.* Sòghmhorachd, ro-bhlasdachd, ro-mhilseachd.
Lush, *adj.* 1. Of a dark, deep, full colour: trom-dhathach. 2. conjectured by Mr. Todd to have been originally applied to plants, and to signify their juicy, full, succulent, and rank state: lusach, làn.
Lusk, *adj.* Leasg, dìomhain, trom, neo-shunndach.
Lusk, *s.* Leisgean, fear dìomhain.
Luskish, *adj.* Leasgach, dìomhaineach, neo-shunndach.
Luskisnness, *s.* Leasgachd, leisgeachd, neo-shunnd.
Lusorious, *adj.* Cluicheil, beadarrach, spòrsail.
Lusory, *adj.* See Lusorious.
Lust, *s.* 1. Desire, inclination, will: miann, togradh, déidh. 2. carnal desire: miann feòlmhor, miann collaidh, ana-miann. 3. any violent, or irregular desire: ann-togradh, ana-miann.
Lust, *v. n.* 1. Desire carnally: miannaich, ana-miannaich. 2. desire vehemently: dian-thogair, bi an ro-thogradh, bi ana-miannach. 3. have irregular dispositions: bi ana-miannach.
Lustful, *adj.* Ana-miannach, collaidh, ann-tograch.
Lustfully, *adv.* See Lustful.
Lustfulness, *s.* Ana-miannachd.
Lustihead, } *s.* Meanmnachd, neart, spionnadh,
Lustihood, } sgairt.
Lustily, *adv.* See Lusty.
Lustiness, *s.* Meanmnachd, sultmhorachd, dòmh-aileachd, spionnadh.
Lustless, *adj.* Lag, neo-mheanmnach, neo-bheothail, marbhanta.
Lustral, *adj.* Ionnladach, a ghlanas.
Lustrate, *v. a.* Glan, ionnlaid.
Lustration, *s.* Ionnlad, glanadh, glanadh le uisge.
Lustre, *s.* 1. Brightness, splendour, glitter: dealradh, dèarsadh, lannair, soillse, loinnreachd. 2. eminence, renown: cliù, mòr-chliù, ainmealachd, cliùiteachd. 3. the space of five years: ùine chùig bliadhna.
Lustring, *s.* Sìoda boillsgeil.
Lustrum, *s.* Ùine chùig bliadhna.
Lusty, *adj.* Làidir, calma, neartmhor, sultmhor, foghainteach, garbh.
Lute, *s.* 1. A stringed instrument of music: inneal-ciùil àraidh, cruit. 2. a certain composition of clay, with which chemists close their vessels: crèadh-thaois, crèadh-ghlaodh.
Lute, *v. a.* Cuir crèadh-ghlaodh air.
Luter, } *s.* Fear-cruite.
Lutist, }
Lutestring, *s.* See Lustring.
Lutulent, *adj.* Làibeach, clàbarach, treamsgalach.
Lux, } *v. a.* Cuir á alt, sguch.
Luxate, }
Luxation, *s.* Cur á alt, sguchadh.
Luxe, *s.* See Luxury.
Luxuriance, } *s.* Mòr-chinneachadh, ro-phailteas,
Luxuriancy, } reamhrachd.
Luxuriant, *adj.* Ro-phailt, fàsmhor, tarbhach. A luxuriant crop: bàrr trom.
Luxuriantly, *adv.* See Luxuriant.
Luxuriate, *v. n.* Fàs pailt, cinnich gu trom, no, gu h-anabarrach.
Luxurious, *adj.* 1. Delighting in the pleasures of the table: sòghail, geòcach. 2. administering to luxury: sòghach, geòcaireach. 3. lustful, libidinous: ana-miannach, ann-tograch. 4. voluptuous, enslaved to pleasure: sòghail. 5. See Luxuriant.
Luxuriously, *adv.* See Luxurious.
Luxuriousness, *s.* Sòghalachd, geòcaireachd, geòcaiche. See Luxurious.
Luxury, *s.* 1. Voluptuousness, addictedness to pleasure: sòghalachd. 2. lust, lewdness: ana-miann, neo-ghloine. 3. See Luxuriance. 4. delicious fare: sògh, anabarr.
Lyam, *s.* Làimh-iall, iall coin-seilge.
Lycanthropy, *s.* Cuthach ainmhidheach.
Lye, *v. n.* See Lie, *v. n.*
Lying, *s.* Deanamh bhreug, breugaireachd.
Lying, *s.* Luidhe, sìneadh.
Lyingly, *adv.* Gu breugach.

LYM, *s.* See Limehound.
LYMPH, *s.* Uisge, sùgh glan.
LYMPHATED, *adj.* Air a' chuthach, air boile, mearanach.
LYMPHATIC, *adj.* 1. Uisgeach, uisgeil. 2. See Lunatic.
LYRE, *s.* Inneal-ciùil, clàrsach, cruit.
LYRIC, LYRICAL, *adj.* A shinnear ri clàrsach, fonnmhor, binn, ceòlmhor.
LYRIC, *s.* Bàrd-cruite, cruit-fhilidh.
LYRIST, *s.* Clàrsair, fear-cruite.

MAC

M, COMHARRADH air son mìle, 1000.
MACARONI, *s.* 1. A kind of paste meat: biadh eanaraich. 2. a sort of droll, or fool: baoghalan, amadan. 3. a fop: lasgair, fear spaideil.
MACARONICK, *s.* Ùtrais, treamsgal.
MACAROON, *s.* Balach, burraidh.
MACE, *s.* 1. An ensign of authority: suaicheantas-inbhe, suaicheantas-dreuchd. 2. a heavy blunt weapon, a club of metal: cuaille, bata maol, iarunn. 3. a kind of spice: seòrsa spìosraidh.
MACE ALE, *s.* Leann-spìosraichte.
MACEBEARER, *s.* Fear-suaicheantais, gille-suaicheantais.
MACERATE, *v. a.* 1. Make lean, wear away: cnàmh, claoidh, caith air falbh. 2. mortify, harass with corporal hardships: sàruich, claoidh, pian, bruth. 3. steep almost to solution: bogaich, taisich an uisge.
MACERATION, *s.* 1. Act of wasting, or making lean: cnàmh, claoidheadh, caitheadh air falbh. 2. mortification, corporal hardship: sàruchadh, claoidheadh, bruthadh. 3. infusion, either with or without heat: bogachadh, bogadh, taiseachadh.
MACHINAL, *adj.* Innealach, innleachdach.
MACHINATE, *v. n.* Dealbh, tionnsgail, dean-innleachd.
MACHINATION, *s.* Dealbhadh, innleachd, tionnsgaladh, car, droch-innleachd.
MACHINATOR, *s.* Fear-dealbhaidh, fear-innleachd, fear droch innleachd.
MACHINE, *s.* 1. Any complicated work in which any part contributes to the motion of another: obair innealta, beairt-innleachd, inneal, àirneis ghleusda. 2. an engine: inneal. 3. a name for a stage coach: carbad-rathaid.
MACHINERY, *s.* Obair ealanta, obair innleachdach, obair ghluasadach.
MACHINIST, *s.* Fear-céirde, fear-innleachdan.

MAD

MACILENCY, *s.* Caoile.
MACILENT, *adj.* Caol, tana, bochd.
MACKAREL, *s.* Ronnach, reannach. Mackarel gale: sgairt-shoirbheas. Mackarel sky: breac a' mhuiltein.
MACROLOGY, *s.* Fad-sheanachas, bith-bhriathrachd.
MACROCOSM, *s.* An cruinne-cé, a' chruitheachd, an domhain.
MACTATION, *s.* Iobradh, casgairt, casgradh.
MACULA, *s.* Ball, smùirnean, briseadh-croicinn.
MACULATE, *v. a.* Ballaich, cuir ball air, salaich.
MACULATE, *adj.* Ballach, salaichte.
MACULATION, *s.* Ballachadh, salachadh.
MACULE, *s.* See Macula.
MAD, *adj.* 1. Disordered in the mind, distracted: mearanach, thair céille, air a' chuthach, air boil. 2. expressing disorder of mind: gòrach, neo-shuidhichte. 3. overrun with any unreasonable or violent desire: air boile, lasanta. 4. enraged, furious: feargach, garg.
MAD, *v. a.* et *n.* 1. Make mad: cuir air boile, cuir air a' chuthach. 2. be mad, be furious: bi air boile, bi garg. 3. be wild: bi fiadhaich, bi docheannsaichte.
MADAM, *s.* Baintighearn.
MADBRAIN, MADBRAINED, *adj.* Mearanach, bras, cas, fiadhaich, buaireasach.
MADCAP, *s.* Fear-mearain, fear-gòraich, fear fiadhaich.
MADDEN, *v. a.* et *n.* See Mad, *v.*
MADDER, *s.* Màdar.
MADE, *pret.* et *part. v.* Make. 1. Rinn. 2. Dèanta.
MADEFACTION, *s.* Fliuchadh, bogadh, bogachadh.
MADEFY, *v. a.* Fliuch, bog, bogaich.
MADGEHOWLET, *s.* Cumhachag, cailleach-oidhche.
MAD-HEADED, *adj.* See Madbrain.
MADHOUSE, *s.* Tigh-cuthaich.
MADID, *adj.* Fliuch.
MADLY, *adv.* See Mad, *adj.*
MADNESS, *s.* 1. Distraction, loss of understanding:

mearan, cuthach, boile. 2. fury, rage: corruich, fraoch, fraoch-feirge.

MADRIGAL, *s.* Luinneag, fonn, duanag.

MAERE, *adv.* Mòr.

MAFFLE, *v. n.* See Stammer, *v.*

MAFFLER, *s.* See Stammerer.

MAGAZINE, *s.* Tigh-tasgaidh, tigh-stòrais, ionad-tasgaidh.

MAGE, *s.* See Magician.

MAGGOT, *s.* 1. A small grub which turns into a fly: cnuimh, cnuimheag. 2. whimsy, caprice, odd fancy: baoth-smuain, tuaineul-cinn.

MAGGOTY, *adj.* 1. Full of maggots: cnuimheach, cnuimheagach. 2. capricious, whimsical: baoth-smuainteach, gòrach.

MAGGOT-HEADED, *adj.* Baoth-cheannach, gòrach.

MAGI, *s.* Oir-dhraoidhean, speuradairean na h-àirde 'n-ear.

MAGIC, *s.* 1. Art of putting in action the power of spirits: druidheachd, eòlas druidheachd, geasan, dubh-chleasachd. 2. the secret operations of natural powers: dìomhaireachd.

MAGIC, } *adj.* Druidheachail, druidheil, geasagach.
MAGICAL, }

MAGICALLY, *adv.* See Magic, *adj.*

MAGICIAN, *s.* Druidh, fear-druidheachd, fiosaiche.

MAGISTERIAL, *adj.* 1. Such as suits a master: tighearnail, maighstireil. 2. lofty, arrogant, proud, insolent, despotic: ceannasach, làdasach, stràiceil, uaibhreach.

MAGISTERIALLY, *adv.* See Magisterial.

MAGISTERIALNESS, *s.* Ceannasachd, làdasachd, stràicealachd, uaibhreachas.

MAGISTRACY, *s.* Uachdranachd, bàillidhneachd.

MAGISTRAL, *adj.* 1. Authoritative, suiting a magistrate, or master: smachdail, tighearnail, maighstireil. 2. artificial, skilful, cunning: seòlta, ealanta.

MAGISTRALLY, *adv.* See Magistral.

MAGISTRATE, *s.* Bàillidh, uachdaran, breitheamh, fear-riaghlaidh.

MAGISTRATIC, *adj.* Uachdaranail, mar breitheamh.

MAGNANIMITY, *s.* Mòr-inntinneachd, mòr-aigeantachd, mòrachd, curantachd, flathaileachd.

MAGNANIMOUS, *adj.* Mòr-inntinneach, mòr-aigeantach, curanta, flathail.

MAGNANIMOUSLY, *adv.* See Magnanimous.

MAGNET, *s.* Clach-iùil.

MAGNETIC, } *adj.* Tarruingeach, mar a' chloch-
MAGNETICAL, } iùil.

MAGNETICALLY, *adv.* See Magnetic.

MAGNETISM, *s.* Cumhachd-tarruing d' a ionnsuidh féin, tàlaidheachd.

MAGNIFIABLE, *adj.* So-mheudachaidh, so-àrdachaidh.

MAGNIFIC, } *adj.* See Illustrious.
MAGNIFICAL, }

MAGNIFICENCE, *s.* Òirdheirceas, mòrdhalachd, mòrchuiseachd, greadhnachas.

MAGNIFICENT, *adj.* Òirdheirc, mòrdhalach, mòrchuiseach, greadhnach.

MAGNIFICENTLY, *adv.* See Magnificent.

MAGNIFIER, *s.* 1. One that increases, or enlarges: fear-meudachaidh, fear-àrdachaidh. 2. one that praises, an encomiast: fear-molaidh, fear-cliùthachaidh. 3. a glass that increases the bulk of any object: gloine-mheudachaidh.

MAGNIFY, *v. a.* 1. Praise greatly, extol highly: àrd-mhol, àrd-chliùthaich. 2. make great, exaggerate, amplify: cuir am meud, meudaich. 3. exalt, elevate, raise in estimation: àrdaich, tog, urramaich. 4. raise in pride, or pretension: séid suas, at. 5. increase the bulk of any object to the eye: meudaich, cuir am meud.

MAGNILOQUENCE, *s.* Mòr-bhruidhneachas, àrdghuthachd.

MAGNITUDE, *s.* Meud, meudachd, mòrachd, tomult, tomad.

MAGPIE, *s.* Pioghaid, cadhag, agaid.

MAID, } *s.* 1. An unmarried woman, a virgin:
MAIDEN, } maighdean, òigh, finne, caileag, gruagach, nighean, cailin, ainnir, cruinneag, òg-bhean. 2. a woman-servant: ban-oglach, ban-sheirbhiseach, bean-mhuinntir. 3. a female: boirionnach.

MAIDEN, *adj.* 1. Consisting of virgins: òigheach, maighdeanach, 2. fresh, new, unused, unpolluted: glan, ùr, fìor-ghlan.

MAIDENHAIR, *s.* Dubh-charrach.

MAIDENHEAD, } *s.* Maighdeanas.
MAIDENHOOD, }

MAIDENLINESS, *s.* Maighdeanachd, beusachd, banalas.

MAIDENLIKE, } *adj.* Maighdeanail, banail, òigheil,
MAIDENLY, } màlda.

MAIDENLY, *adv.* See Maidenlike.

MAIDHOOD, *s.* Maighdeanas.

MAIDPALE, *adj.* Glais-neulach.

MAIDSERVANT, *s.* Banoglach, ban-sheirbhiseach, bean-mhuinntir.

MAJESTIC, } *adj.* Mòrdha, greadhnach, mòrdhal-
MAJESTICAL, } ach, urramach, flathail, àrd.

MAJESTICNESS, } *s.* Mòrdhalachd, greadhnachas,
MAJESTICALNESS, } flathalachd, àirde.

MAJESTICALLY, *adv.* See Majestic.

MAJESTY, *s.* 1. Dignity, grandeur, greatness of appearance: mòrachd, mòrdhalachd, greadhnachas, òirdheirceas. 2. power, sovereignty: àrd-chumhachd, tighearnas, uachdranachd. 3. dignity, elevation of manner. See Sense, 1. 4. the title of kings and queens: rìoghalachd, mòrachd.

MAIL, *s.* 1. A coat of steel network worn for defence: lùireach, lùireach mhàilleach, lùireach-chogaidh. 2. any armour: armachd, arm. 3. a postman's bundle, a bag: màileid, màla. 4. a rent: màl. 5. a spot: smal.

MAIL, *v. a.* 1. Arm defensively, cover as with armour: armaich, éid le airm-dhìona. 2. bundle in a wrapper: cuir suas, paisg suas.

MAIM, *v. a.* Leòin, ciùrr, dochainn, bacaich, crioplaich, dochainn.

MAIM, *s.* 1. Privation of some essential part: dochainn, ciùrradh. 2. lameness produced by a wound, or amputation: bacaiche, crùbaiche. 3. injury,

mischief: cron, coire, dochann, aimhleas. 4. essential defect: gaoid, uireasbhuidh.

MAIMEDNESS, s. Bacaiche, crùbaiche.

MAIN, *adj.* 1. Principal, chief, leading: prìomh, ceud, àraidh. 2. mighty, huge, overpowering, vast: mòr, àrd, fuathasach, atmhor. 3. gross, containing the chief part: cudthromach, sònruichte, àraidh. 4. important, forcible: cudthromach, sònruichte, brìoghmhor.

MAIN, *s.* 1. The gross, the bulk, the greater part: a' chuid mhòr, a' mhòr chuid, tomad, tomult. 2. the sum, the whole, the general: an t-iomlan. 3. the ocean, the great sea: cuan, tabh, fairge, an fhairge mhòr. 4. violence, force: neart, ainneart. 5. the continent, the mainland: tìr mòr, a' mhòrthìr. 6. a course, a dent: clàis, amar.

MAINLAND, *s.* Tir mòr, a' mhòr thir.

MAINLY, *adv.* See Main, *adj.*

MAINMAST, *s.* Crann mòr.

MAINPERNOR, *s.* Urras, fear-urrais.

MAINPRISE, *s.* Tabhairt air urras.

MAINPRISE, *v. a.* See Bail, *v.*

MAINSAIL, *s.* Seòl mòr.

MAINSHEET, *s.* Sgòid an t-siùil mhòir.

MAINSWEAR, *v. n.* Thoir mionnan eithich.

MAINTAIN, *v. a.* et *n.* 1. Preserve, keep, suffer not to change: gleidh, cum, daingnich, dean seasmhach. 2. defend, hold out, make good, resign not: dìon, seas, buanaich, gléidh, coisinn. 3. vindicate, justify, support: seas, dìon, tagair, dean dìon do. 4. keep up, support the expense of: cum suas, beathaich, àraich. 5. support with the conveniencies of life: thoir beathachadh do, thoir teachd-an-tìr do. 6. preserve from failure: cum suas. 7. support by argument, assert as a tenet: tagair, còmhdaich.

MAINTAINABLE, *adj.* So-dhìon, so-ghleidhidh, so-chumail, so-thagraidh, so-sheasaimh, so-chòmhdachaidh.

MAINTAINER, *s.* Fear-cumail suas, fear-àraich, fear-eiridnidh.

MAINTENANCE, *s.* 1. Support, protection, defence: dìon, taic, fasgadh, tèarmunn. 2. supply of the necessaries of life, sustenance: teachd-an-tìr, beathachadh. 3. continuance, security from failure: seasmhachd, maireannachd, daingneachd.

MAINTOP, *s.* Bàrr a' chroinn mhòir.

MAINYARD, *s.* Slat-shiùil á chroinn mhòir.

MAJOR, *adj.* A 's mò, a 's urramaiche.

MAJOR, *s.* 1. An officer: màidsear. 2. of a syllogism: ceann-reusonachaidh, fìrinn-choitchionn.

MAJORATION, *s.* Meudachadh, dol am meud.

MAJORITY, *s.* 1. The state of being greater: mòid, meud. 2. the greater number: a' chuid a 's mò, a' mhòr chuid. 3. ancestry: sinnsireachd. 4. full age: làn-aois, aois-lagha.

MAIZE, *s.* Cruithneachd Innseanach.

MAKE, *v. a.* et *n.* 1. Create: cruthaich, dealbh. 2. form of materials: dealbh, cum, dèan. 3. compose, as parts, materials, or ingredients: dean suas. 4. form by art what is not natural: dealbh. 5. produce, or effect, as the agent: dèan. 6. produce as a cause: aobharaich. 7. do, perform, practise: dèan, gnàthaich. 8. cause to have any quality: dean, thoir air. 9. bring into any state or condition: dèan. 10. form, settle, establish: suidhich, socraich, dèan. 11. hold, keep: dèan, gabh, cum. 12. secure from distress, establish in riches or happiness: suidhich, gléidh, cum. 13. suffer, incur: dèan, thoir ort féin. 14. commit: dèan. 15. compel, force, constrain: thoir air, comh-éignich gu. 16. intend, purpose to do: dèan, rùnaich. 17. raise as a profit from any thing: dèan air, coisinn air, buannaich. 18. reach, tend to, arrive at, *sea term:* ruig, dean dheth. 19. gain: buannaich, coisinn. 20. force, gain by force: thoir a mach, buadhaich, dèan. 21. exhibit: dèan, feuch. 22. pay, give: dèan, dìol. 23. put, place: dèan, cuir. 24. turn to some use: builich, dèan dheth. 25. incline, dispose to: thoir air, aom. 26. effect as an argument: buadhaich. 27. represent, show: dean a mach, dèan dheth. 28. constitute: dean suas. 29. amount to: dèan. 30. mould, form: dealbh, càirich, suidhich, dèan. 31. make *away*, kill, destroy: marbh, spad. 32. make *away*, transfer: thoir seachad. 33. make *account*, reckon, believe: creid, smuainich. 34. make *account of*, esteem, regard: meas. 35. make *free with*, treat without ceremony: bi dàn air, dean saorsa ri. 36. make *good*, maintain, defend, justify: coisinn, gléidh, dean a mach. 37. make *good*, fulfil, accomplish: coimhlion. 38. make *light of:* dean tàir air, dean dìmeas air. 39. make *love:* dean suiridh, dean lannanachd. 40. make *a man:* dean duine dheth. 41. make *merry:* bi subhach, dean aighear, dean cridhealas. 42. make *much of:* dean deth, caidrich, tataidh. 43. make *of*, understand: dèan deth, tuig le. 44. make *of*, produce from: dean deth, dean o. 45. make *of*, consider, account, esteem: meas, cuir meas air. 46. make *over*, settle in the hands of trustees: thoir seachad, thoir seachad do. 47. make *out*, clear, explain: dean a mach, dearbh. 48. make *out*, prove, evince: dearbh, còmhdaich, feuch. 49. make *sure of*, consider as certain: dean cinnteach á. 50. make *sure of*, secure to one's possession: dean cinnteach, dean tèaruint. 51. make *up*, get together: cruinnich, cuir r' a chéile. 52. make *up*, reconcile, compose: réitich, dean réidh. 53. make *up*, repair: dean suas, leasaich. 54. make *up*, compose as ingredients: dean suas. 55. make *up*, shape: cum. 56. make *up*, supply: dean suas, lìon. 57. compensate, balance: dean suas air son, dìol, socraich. 58. make *up*, settle, adjust: suidhich, socraich. 59. make *up*, accomplish, conclude: coimhlion, dean suas. 60. tend, travel, go any way: aom, iadh, imich, siubhail. 61. contribute, have effect: dean, bi air son. 62. operate, act as a proof, or argument, or cause: aobharaich, taisbean. 63. show, appear, carry appearance: dean, seall, taisbean. 64. make *away with:* cuir as do. 65. make *for*, advantage, favour: bi 'n àite. 67. make *with*, concur: aontaich le.

MAKE, *s.* Dèanamh, cumadh, dealbh, cruth, cumachd.
MAKE, *s.* See Mate.
MAKEABLE. *adj.* So-dhèanaimh, so-dhèanta.
MAKEBATE, *s.* Ball-aimleisg, ball-aimhleis, ceann-buaireis.
MAKELESS, *adj.* See Matchless, and Mateless.
MAKEPEACE, *s.* Fear-réite, fear-sìothaimh.
MAKER, *s.* 1. The Creator: An Cruithfhear. 2. one who makes any thing: fear-dèanaimh, dealbh-adair, cumadair.
MAKEWEIGHT, *s.* Leasachadh, leasachadh-cudthroim.
MALADMINISTRATION, *s.* Mi-bhuileachadh, mi-ṙiaghladh, mi-steòrnadh.
MALADY, *s.* Galar, euslaint, tinneas, eucail.
MALAPERT, *adj.* Beadaidh, dàna, leamh, bathaiseach, lonach.
MALAPERTLY, *adv.* See Malapert.
MALAPERTNESS, *s.* Beadaidheachd, dànachd, leamhachas, bathaiseachd, lonachd.
MALAPROPOS, *adv.* Gu neo-àmail, gu neo-iomchuidh.
MALAXATE, *v. a.* Bogaich, taoisinn.
MALAXATION, *s.* Bogachadh, taosnadh.
MALE, *adj.* Firionn.
MALE, *s.* Firionnach.
MALE, In composition: mi, neo, droch.
MALEADMINISTRATION, *s.* See Maladministration.
MALECONTENT, } *adj.* Mi-thoilichte, neo-ṙiar-
MALECONTENTED, } aichte.
MALECONTENT, *s.* Fear mi-thoilichte, gearanaiche, neach gearanach.
MALECONTENTEDLY, *adv.* See Malecontented.
MALECONTENTEDNESS, *s*, Mi-thoileachas.
MALEDICENCY, *s.* Droch-cainnteachd, searbh-chainnteachd.
MALEDICENT, *adj.* Droch-cainnteach, searbh-chainnteach.
MALEDICTED, *adj.* Malaichte.
MALEDICTION, *s.* Mallachadh, mallachd.
MALEFACTION, *s.* Coire, droch-bheart, lochd, oil-bheum, ciont.
MALEFACTOR, *s.* Fear-droch-bheirt, ciontach.
MALEFICE, *s.* See Malefaction.
MALEFICENT, *adj.* Droch-bheartach, olc-dhèanadach, coirpte.
MALEFICIATE, *v. a.* Cuir druidheachd air, cuir fuidh ghèasaibh.
MALEFICIATION, *s.* Druidheachd, geasan.
MALEFIC, } *adj*, Dochannach, donasach, droch-
MALEFIQUE, } bheartach.
MALENGINE, *s.* Ceilg, mealltaireachd, cliùcaireachd.
MALEPRACTICE, *s.* Droch-ghnàths, mi-ghnàths.
MALESPIRITED, *adj.* Duineil, fearail, gaisgeil.
MALET, *s.* Màla, màileid.
MALEVOLENCE, *s.* Mì-ṙun, gamhlas, fuath, nimhealachd, droch-ṙùn, miosguinn.
MALEVOLENT, *adj.* Mi-ṙunach, gamhlasach, nimheil, droch-ṙunach, miosguinneach.
MALEVOLENTLY, *adv.* See Malevolent.
MALEVOLOUS, *adj.* See Malevolent.
MALICE, *s.* Tnùth, gamhlas, mì-ṙun, droch-mhèinn, nàimhdeas.
MALICIOUS, *adj.* Tnùthach, gamhlasach, mì-ṙunach, droch-mhèinneach, naimhdeil.
MALICIOUSLY, *adv.* See Malicious.
MALICIOUSNESS, *s.* Tnùthachd, gamhlasachd, mì-ṙunachd, droch-mheinneachd, nimhealachd.
MALIGN, *adj.* 1. See Malicious. 2. infectious, fatal to the body, pestilential: gabhaltach, guineach, nimheil, millteach, sgriosail.
MALIGN, *v. a.* et *n.* 1. Regard with envy, or malice: fuathaich. 2. mischief, hurt, harm: dochainn, ciùrr, dean cron do. 3. entertain malice: biodh gamhlas agad do.
MALIGNANCY, *s.* 1. See Malevolence. 2. destructive tendency: millteachd.
MALIGNANT, *adj.* See Malign, *adj.* 2. hostile to life: millteach, sgriosail.
MALIGNANT, *s.* Fear-uì-ṙuin, fear-tnùth, fear-gamhlais.
MALIGNANTLY, *adv.* See Malignant, *adj.*
MALIGNER, *s.* 1. One who regards another with ill will: fear-mì-ṙuin, fear-gamhlais. 2. a sarcastical censurer: fear-càinidh.
MALIGNITY, *s.* 1. See Malice. 2. contrariety to life, destructive tendency: millteachd, sgriosalachd, 3. evilness of nature: droch-mhèinn.
MALIGNLY, *adv.* See Malign, *adj.*
MALISON, *s.* Mallachd, mallachadh.
MALKIN, *s.* 1. A kind of mop: mèaban-sguabaidh. 2. a dirty wench: caile bhreun, dubh-chaile. 3. a frightful figure of clouts dressed up: bòchdan.
MALL, *s.* 1. A kind of beater, or hammer: bata-slachdaidh, simid, òrd. 2. a walk: sràid.
MALL, *v. a.* Slachd, buail, slachduinn.
MALLARD, *s.* Ràc.
MALLEABILITY, *s.* So-bhristeachd, fulang-ùird.
MALLEABLE, *adj.* So-oibreachaidh, so-ṙeudachaidh ṙe bualadh.
MALLEABLENESS, *s.* See Malleability.
MALLEATE, *v. a.* Buail ṙe òrd, oibrich air innean.
MALLEATION, *s.* Bualadh ṙe òrd, oibreachadh air innean.
MALLET, *s.* Fairche, slachdan, simid.
MALLOWS, *s.* Lus nam meall mòra, gropais.
MALT, *s.* Braich.
MALTDUST, *s.* Sad braiche.
MALTFLOOR, *s.* Làr-braiche, urlar-braiche.
MALT, *v. n.* Brach, gabh brachadh.
MALTMAN, } *s.* Brachadair.
MALTSTER, }
MALTREAT, *v. a.* Droch-càirich, droch-bhuilich.
MALTWORM, *s.* Fear-drùbhaig, fear-òil.
MALVERSATION, *s.* Droch-innleachd, cuilbheart, mealltaireachd.
MAM, } *s.* Mamaidh, muime.
MAMA, }
MAMMYR, *v. n.* See Maunder.
MAMMET, *s.* Dealbh, dealbh-cleasachd.
MAMMIFORM, *adj.* Air chumadh cìche.
MAMMILLARY, *adj.* Cìochach, ùbhach.
MAMMOCK, *s.* Mìr, sgealb, sgonn.
MAMMON, *s.* Beartas, saoibhreas, maoin saoghalta.

MAMMONIST, *s.* Duine saoghalta, spìocair, cnuimh.

MAN, *s.* 1. A human being: duine, creutair reusonta, cré. 2. not a woman: fear. 3. not a boy: duine. 4. a servant, an attendant, a dependent: seirbhiseach, gille, fear eisimeileach, fear-oibre. 5. one, any one: neach, duine. 6. one of uncommon qualifications: duine, gaisgeach. 7. a man-of-war: long-chogaidh.

MAN-MIDWIFE, *s.* Fear-aisead bhan.

MAN, *v. a.* 1. Furnish with men: thoir daoine do, cuir sgioba air. 2. guard with men: cuir daoine air, daingnich. 3. fortify, strengthen: dìon, neartaich, daingnich. 4. attend, wait, serve: fritheil do, fritheil air.

MANACLE, *s.* Glas-làmh, ceangal-dhòrn, cuibhreach.

MANACLE, *v. a.* Cuir glas-làmh air, cuibhrich.

MANAGE, *v. a.* et *n.* 1. Conduct, carry on: stiùir, riaghail, òrduich. 2. train a horse to graceful action: ceannsaich, bris. 3. govern, make tractable: ceannsaich, riaghail. 4. wield, or move easily: iomain. 5. husband, make the object of caution: stèorn, stiùir, thoir an aire air. 6. superintend affairs, transact: riaghail, stiùir, gnìomhaich, dèan.

MANAGE, *s.* 1. Conduct, administration: stiùradh, riaghladh. 2. use, instrumentality: feum meadhonachd. 3. government of a horse: srian-chur, ceannsachadh. 4. discipline, governance: riaghladh, smachd.

MANAGEABLE, *adj.* So-iomairt, so-chleachdaidh, so-riaghlaidh, so-stiùraidh, so-cheannsachaidh.

MANAGEABLENESS, *s.* So-iomairteachd, so-chleachdaidheachd, so-cheannsachd.

MANAGEMENT, *s.* 1. Conduct, administration: riaghladh, stiùradh. 2. prudence, cunning practice: crionnachd, seòltachd, sicireachd, innleachd. 3. practice, transaction, dealing: iomairt, cleachdamh, obair.

MANAGER, *s.* 1. One who has the conduct or direction of any thing: fear-riaghlaidh, fear-stiùraidh, fear-laimhseachaidh, fear-rian. 2. a man of frugality, a good husband: fear-buileachaidh, fear-steòrnaidh, fear caomhantach.

MANAGERY, *s.* 1. Conduct, direction, administration: riaghladh, stiùradh, coimhead. 2. husbandry, frugality: caomhnadh, steòrnadh, deadh-bhuileachadh. 3. manner of using: cleas, iomairt.

MANATION, *s.* Sruthadh.

MANCHET, *s.* Aran milis.

MANCIPATE, *s.* Cuir fuidh dhaorsa, dean 'n a thràill, cuibhrich.

MANCIPATION, *s.* Cur fuidh dhaorsa, cuibhreachadh, braighdeanas.

MANCIPLE, *s.* Fear-riaghlaidh, fear-solair, stiùbhard.

MANDAMUS, *s.* Òrdugh righ, ordugh rìoghail, òrdugh-lagha.

MANDATORY, *s.* Pears'-eaglais pàpanach.

MANDATE, *s.* Àithne, òrdugh, reachd, earail.

MANDATOR, *s.* Fear-àithnidh, fear-riaghlaidh.

MANDATORY, *adj.* Àithneil, earalach, àithnteach.

MANDIBLE, *s.* Peirceall, gial.

MANDIBULAR, *adj.* Peirceallach, gialach.

MANDIL, MANDILION, *s.* See Mantle.

MANDRAGORA, MANDRAKE, *s.* Mandrago, ubhal beag cùbhraidh.

MANDUCABLE, *adj.* So-chagnaidh, so-ithte.

MANDUCATE, *v. a.* Cagain, ith.

MANDUCATION, *s.* Cagnadh, itheadh.

MANE, *s.* Muing, muinnidh eich.

MANEATER, *s.* Fear-ithidh dhaoine.

MANED, *adj.* Muingeach.

MANEGE, *s.* Sgoil-mharcachd.

MANERIAL, *adj.* See Manorial.

MANES, *s.* Taibhse, spiorad, tàsg, tanasg, tàcharan.

MANFUL, *adj.* Fearail, duineil, smiorail, misneachail, calma.

MANFULLY, *adv.* See Manful.

MANFULNESS, *s.* Fearalachd, duinealas, smioralachd, calmachd.

MANGANESE, *s.* Clach-iaruinn.

MANGCORN, *s.* Arbhar coimeasgta.

MANGE, *s.* Cloimh, galar ainmhidhean, mùir.

MANGER, *s.* Prasach, praiseach.

MANGINESS, *s.* Cloimheachd.

MANGLE, *v. a.* Reub, srac, mill, thoir as a chéile, dean ablach dheth.

MANGLE, *v. a.* Mìnich anart, dean mìn.

MANGLE, *s.* Inneal-mìneachaidh anairt, preas-mìneachaidh.

MANGLER, *s.* Fear-reubaidh, fear-sracaidh, fear-milidh.

MANGY, *adj.* Cloimheach, làn-cloimhe, no, mùir.

MANHATER, *s.* Fuathadair-dhaoine, fear-fuathachaidh dhaoine.

MANHOOD, *s.* 1. Human-nature: nàdur daonna, daonnachd. 2. virility, not womanhod: firionnachd. 3. virility, not childhood: làn-aois. 4. courage, bravery, resolution, fortitude: duinealas, fearalas, misneach, treubhachd, gaisge.

MANIA, *s.* Boile-cuthaich, cuthach.

MANIAC, *s.* Neach air boile-cuthaich, neach cuthaich.

MANIAC, MANIACAL, *adj.* Fuidh 'n chuthach, air boile-cuthaich.

MANIFEST, *adj.* Folluiseach, soilleir, taisbeanta, so-fhaicsinneach.

MANIFEST, *s.* Gairm-choitchionn, teisteas coitchionn.

MANIFEST, *v. a.* Dean-soilleir, taisbean, soilleirich, foillsich, nochd, feuch, leig ris, dean aithnichte.

MANIFESTATION, *s.* Foillseachadh, soilleireachadh, nochdadh, taisbeanadh, leigeil ris.

MANIFESTIBLE, *adj.* So-shoillseachaidh, so-nochdaidh, so-aithneachaidh.

MANIFESTLY, *adv.* See Manifest, *adj.*

MANIFESTNESS, *s.* Soilleireachd, folluiseachd, so-fhaicsinneachd.

MANIFESTO, *s.* Gairm fholluiseach, teisteas coitchionn.

MANIFOLD, *adj.* Iom-fhillteach, iom-ghnèitheach, iomadaidh, lìonmhor.

MANIFOLDED, *adj.* Iom-fhillteach.

MANIFOLDLY, *adv.* See Manifold.

MANIFOLDNESS, *s.* Iom-fhillteachd, iom-ghnèitheachd, iomadaideachd, lìonmhorachd.
MANIKIN, *s.* Duineachan, troich, luspardan.
MANIPLE, *s.* 1. A handful: làn-dùirn. 2. a small band of soldiers: buidhean bheag, buidhnean.
MANIPULAR, *adj.* Meanbh, beag-bhuidhneach.
MANKILLING, *adj.* Sgriosail air daoinibh.
MANKILLER, *s.* Fear-marbhaidh dhaoine, mortair.
MANKIND, *s.* An cinneadh daonna, an cinneadh daoine.
MANKIND, *adj.* Firionn, mar dhuine.
MANLIKE, *adj.* Duineil, fearail, smiorail.
MANLESS, *adj.* As eugmhais fir, as eugmhais fhear, gun daoine, gun duine.
MANLINESS, *s.* Duinealas, duinealachd, fearalachd, smioralachd.
MANLING, *s.* See Manikin.
MANLY, *adj.* Duineil, fearail, smiorail, trom, calma, foghainteach, gaisgeil.
MANLY, *adv.* See Manly, *adj.*
MANNA, *s.* Mana, aran nèamhaidh.
MANNER, *s.* 1. Form, method: modh, seòl, alt. 2. custom, habit, fashion: gnàth, gnàths, cleachdamh, nòs. 3. certain degree: cor. 4. cost, kind: gnè, seòrsa. 5. mien, cast of the look: tuar, snuadh, sealladh, aogas. 6. peculiar way, distinct mode of person: modh, rian, seòl. 7. way, mode of things: rian, seòl. 8. *pl.* manners, character of the mind: beus, gnàths, beusan. 9. *pl.* manners, general way of life, morals, habits: caithebeatha, gnàths, cleachdadh. 10. *pl.* manners, ceremonious behaviour, studied civility: deas-ghnàth, modhalachd, modhan, oilean.
MANNER, *v. a.* Oileanaich, foghluim am beusaibh, teagaisg modhan do.
MANNERIST, *s.* Fear-modh, fear-mhodhan, fear-deas-ghnath.
MANNERLINESS, *s.* Modhalachd, beusachd, deas-ghnathachd, suairceas.
MANNERLY, *adj.* Modhail, beusach, deas-ghnathach, suairce.
MANNERLY, *adv.* See Mannerly, *adj.*
MANNIKIN, *s.* See Manikin.
MANNISH, *adj.* 1. Human: daonna. 2. having the appearance of a man, bold, masculine, impudent: mar dhuine, dàna, ladarna, bathaiseach.
MANOEUVRE, *s.* Cleas, iomairt, car, seòl.
MANOEUVRE, *v. n.* Dean cleas, iomair, gabh seòl ri.
MANOR, *s.* Fearann-dlighe, oighreachd, fearann tigh mòir, fearann tighearna.
MANORHOUSE, MANORSEAT, *s.* Tigh mòr, tigh-uachdarain, tigh-tighearna.
MANQUELLER, *s.* Fear-marbhaidh dhaoine, mortair.
MANSE, *s.* 1. Farm and land: tigh is fearann, àiteachas. 2. a parsonage house: tigh ministeir.
MANSION, *s.* 1. The lord's house in a manor: tigh mòr, tigh tighearna. 2. place of residence, abode, house: tigh, dachaidh. 3. residence, abode: tàmh, còmhnuidh.
MANSION, *v. n.* Tàmh, gabh tàmh.
MANSLAUGHTER, *s.* 1. Murder, destruction of the human species: mort, sgrios dhaoine. 2. *(in law)*, act of killing not without fault, but without malice: marbhadh gun ghamhlas.
MANSLAYER, *s.* Fear-marbhaidh duine, fear-dòrtaidh fola.
MANSTEALER, *s.* Mèirleach dhaoine.
MANSUETE, *adj.* Suairc, mìn, tairis, ciùin, soitheamh, neo-bhuaireasach.
MANSUETUDE, *s.* Suairceas, mìneachd, tairiseachd, ciùineachd, soitheamhachd.
MANTEL, *s.* See Mantle.
MANTELET, *s.* 1. A small cloak: cleòcan, tonnag. 2. (in fortification): tigh-fasgaidh, brat-dìona.
MANTLE, *s.* Cleòca, faluinn, earasaid, rachdan.
MANTLE, *v. a.* et *n.* 1. Cloke, cover: còmhdaich. 2. disguise: ceil, foluich. 3. joy, revel: bi subhach, bi aoibhinn. 4. be expanded, spread luxuriantly: sgaoil a mach, leudaich. 5. gather any thing on the surface, froth: cuir cop dhiot. 6. ferment, be in sprightly agitation: oibrich.
MANTO, *s.* See Mantle, *s.*
MANTUA, *s.* Gùn, gùn ban-tighearna.
MANTUAMAKER, *s.* Ban-tàillear.
MANUAL, *adj.* Làmhach, làimh-ghleusach.
MANUAL, *s.* Leabhrachan-làimhe, leabhrachan-cràbhaidh.
MANUARY, *adj.* See Manual, *adj.*
MANUBIAL, *adj.* Faobhach, cobhartachdail.
MANUBRIUM, *s.* Làmh, cas, samhach.
MANUDUCTION, *s.* Làmh-stiùradh, làmh-threòrachadh.
MANUDUCTOR, *s.* Fear-làimh-threòrachaidh, fear-làimh-stiùraidh.
MANUFACTORY, *s.* 1. The practice of making any piece of workmanship: làmh-obair, làmh-oibreachadh. 2. the place where manufactory is carried on: tigh-oibreachaidh, tigh-céirde.
MANUFACTURE, *s.* 1. The practice of making any piece of workmanship: làmh-obair, làmh-oibreachadh. 2. any thing made by art: obair, obair-làimh, obair ealanta.
MANUFACTURE, *v. a.* et *n.* 1. Make by art or labour, form by workmanship: dealbh, oibrich, figh. 2. employ in work, work up: oibrich. 3. be engaged in any manufacture: saothraich, oibrich, bi gnìomhach.
MANUFACTURER, *s.* Fear-oibreachaidh, fear-céirde, figheadair, fear-làimh-oibre.
MANUMISE, *v. a.* See Manumit.
MANUMISSION, *s.* Saoradh o thràillealachd, fuasgladh-tràille, bann-saorsa.
MANUMIT, *v. a.* Saor tràill, dean saor, fuasgail o dhaorsa.
MANURABLE, *adj.* So-leasachaidh, so-mhathachaidh, so-àiteachaidh.
MANURAGE, MANURANCE, *s.* Àiteach, treabhadh, àr, fearas-tighe.
MANURE, *v. a.* 1. Cultivate by manual labour: àitich, àr, treabh. 2. dung, fatten with composts: leasaich, mathaich. 3. fatten as a compost: reamhraich.
MANURE, *s.* Mathachadh, leasachadh, innear.

MANUREMENT, *s.* Àr, treabhadh, àiteach, leasachadh.
MANURER, *s.* Fear-leasachaidh, fear-àitich, fear-treabhaidh, treabhaiche.
MANUSCRIPT, *s.* Leabhar sgrìobhta, sgrìobhadh.
MANY, *adj.* Iomadh, lìonmhor, iomadach, mòr.
MANY, *s.* 1. A multitude, a company, a great number, people: cruinneachadh, sluagh, cuideachd, mòr-bhuidhean. 2. retinue of servants, household, family: muinntir, luchd-muinntir. 3. with a singular noun: iomadh. Many a man would do it: 's iomadh duine a dhèanadh e.
MANY-COLOURED, *adj.* Iom-dhathach.
MANY-CORNERED, *adj.* Iom-oisinneach, iom-cheàrnach.
MANY-HEADED, *adj.* Iom-cheannach.
MANY-LANGUAGED, *adj.* Iom-chainnteach.
MANY-PEOPLED, *adj.* Iom-shluaghach.
MANYTIMES, *adv.* Iomadh uar, tric.
MAP, *s.* Dealbh, dealbh-dùthcha, rìoghachd, no, baile.
MAP, *v. a.* Cuir sìos 'n a dhealbh, dealbhaich.
MAPPERY, *s.* Ealain-dealbhaidh, dealbhadaireachd.
MAR, *v. a.* Léir, mill, lochdaich, dochainn, dean cron do, truaill.
MAR, *s.* Léireadh, milleadh, lochd, dochann.
MARANATHA, *s.* Tha 'n Tighearn a' teachd, tha 'n Tighearn gu tighinn.
MARASMUS, *s.* Tinneas-caitheimh, cnuimh, cnuimh-ghalar.
MARAUDER, *s.* Fear-spùinnidh, fear-creachaidh, creachadair.
MARAUDING, *s.* Reubainn, spùinneadh, creachadh.
MARBLE, *s.* Marmor.
MARBLE, *adj.* Marmorach.
MARBLE, *v. a.* Breacaich, dean ballach, no srianach, mar mharmoir.
MARBLEHEARTED, *adj.* Cruaidh-chridheach.
MARCH, *s.* Am Màirt, mìos a' Mhàirt.
MARCH, *v. a.* et *n.* 1. Move in military form: gluais, imich le feachd-cheum, triall, feachd-imich. 2. walk in a grave, deliberate, or stately manner: ceumnaich, fal-cheumnaich, gluais gu stàtail. 3. put in military movement: gluais, gluais an òrdugh, tarruing, gluais le feachd-cheum. 4. border, join: bi co-chrìochach, bi dlùth do.
MARCH, *s.* Military movement, journey of soldiers: feachd-cheum, feachd-imeachd, triall, feachd-shiubhal. 2. grave and solemn walk: mall-cheum, ceum sèimh, ceum stòlda. 3. signal to move: caismeachd-shiubhail, triall-chaismeachd. 4. *pl.* marches, borders, limits, confines: crìoch, iomall, oir, ceann-crìche.
MARCHER, *s.* Fear-chrìochan, fear-gléidhidh chrìoch.
MARCHING, *s.* Feachd-thriall, feachd-ghluasad, feachd-imeachd.
MARCHIONESS, *s.* Ban-mhorair, baintighearn marcuis.
MARCHPANE, *s.* Aran milis.
MARCID, *adj.* Caol, bochd, tana, seargta, glaisneulach.
MARCOUR, *s.* Caoile, bochdas, taine, seargachd, glaisneulachd.
MARE, *s.* 1. The female of a horse: capull, làir. 2. the night-hag: trom-luidhe.
MARESCHAL, *s.* Àrd-cheannard airm, feachd-cheannard, marascal.
MARGARITE, *s.* Nèamhnuid.
MARGARITES, *s.* Neòinean.
MARGE, MARGENT, MARGIN, *s.* Oir, bile, iomall, bruach, crìoch, beul, leth-oir.
MARGINAL, *adj.* Iomallach, oireach, bruachach, bileach, leth-oireach.
MARGINALLY, *adv.* See Marginal.
MARGINATE, *v. a.* Cuir oir air, fàg oir, no, ionall air.
MARGINATED, *adj.* See Marginal.
MARGRAVE, *s.* Urra mhòr Ghearmailteach, fear-chrìochan.
MARYGOLD, *s.* Lus-màiri, a' bhile bhuidhe.
MARINATE, *v. a.* Saill iasg.
MARINE, *adj.* Fairgeach, mara, muireach.
MARINE, *s.* 1. Sea affairs: cùisean-mara. 2. a soldier taken on shipboard: saighdear-mara, saighdear-luinge.
MARINER, *s.* Maraiche, seòladair, fear-fairge.
MARISH, *s.* See Marsh.
MARISH, *adj.* See Marshy.
MARITAL, *adj.* Céileach, a bhuineas do fhear-pòsda.
MARITATED, *adj.* Pòsda.
MARITIMAL, MARITIME, *adj.* 1. Performed on the sea, marine: air muir, fairgeach. 2. relating to the sea, naval: mara, muireach, longach. 3. bordering on the sea: cladachail, tràigheil, ri taobh mara.
MARK, *s.* 1. A token by which any thing is known: comharradh. 2. a stamp, an impression: làrach, ailt, lorg, comharradh. 3. a proof, an evidence: dearbhadh, còmhdach. 4. notice taken: beachd. 5. any thing at which a missile weapon is directed: comharradh, ball-amais, cuspair. 6. the evidence of a horse's age: comharradh-fiacaill. 7. a sum of thirteen shillings and four pence: marg.
MARK, *v. a.* et *n.* 1. Impress with a token, or evidence: comharraich. 2. note, take notice of: beachdaich, gabh beachd air, comharraich. 3. heed, regard as valid, or important: thoir aire do. 4. note, take notice: seall, thoir an aire, amhairc.
MARKER, *s.* 1. One that puts a mark on any thing: fear-comharrachaidh. 2. one that notes, or takes notice: fear-amhairc.
MARKET, *s.* 1. A public time, or appointed place for buying and selling: féill, margadh, faighir. 2. purchase and sale: reic, ceannachd. 3. rate, price: cosdas, luach, airgiod.
MARKET, *v. n.* Dean margadh, dean féill, reic, ceannaich.
MARKET-BELL, *s.* Clag-margaidh, clag-féille.
MARKET-CROSS, *s.* Crois-margaidh, crois-féille, ionad-féille.
MARKET-DAY, *s.* Latha-margaidh, latha-féille.
MARKET-FOLKS, *s.* Luchd-margaidh, luchd-féille.
MARKET-MAID, *s.* Bean-margaidh, bean-féille.

MARKET-MAN, *s.* Fear-margaidh, fear-féille.
MARRET-PLACE, *s.* Àite-margaidh, àite-féille, ionad-féille.
MARKET-PRICE, } *s.* Prìs-fèille, luach-féille.
MARKET-RATE, }
MARKET-TOWN, *s.* Baile-margaidh, baile-féille.
MARKETABLE, *adj.* Margail, a ṙuitheas air margadh, no-féill.
MARKMAN, } *s.* Fear-amais, fear-cuspaireachd.
MARKSMAN, }
MARL, *s.* Criadh-mhathachaidh, criadh-ṙeamhar.
MARL, *v. a.* Mathaich le criadh ṙeamhar.
MARLPIT, *s.* Slochd-chrèadha ṙeamhair.
MARMOREAN, *adj.* Marmorach.
MARQUETRY, *s.* Breacachadh, breac obair.
MARQUIS, *s.* Marcus, mac diùca, oighre diùca.
MARRER, *s.* Fear-millidh, fear-dìobhail, fear-dolaidh.
MARRIAGE, *s.* Pòsadh. Marriage-articles: cùmhnant-pòsaidh. Marriage-bed: leabaidh-phòsda.
MARRIAGEABLE, *adj.* So-phòsaidh, ion-phòsda, aig aois-pòsaidh.
MARRIED, *adj.* Pòsda.
MARROW, *s.* Smior, smear. Of the back bone: smior chailleach.
MARROW, *v. a.* Sàr-lìon, reamhraich, sàsaich.
MARROWBONE, *s.* Cnàimh-smiora. In burlesque language: glùn.
MARROWFAT, *s.* Peasar mhòr.
MARROWISH, *adj.* Smiorach, làn smiora.
MARROWLESS, *adj.* Gun smior, neo-smiorach.
MARROWY, *adj.* Smiorach, làn smiora.
MARRY, *interj.* Moire, muire, nàile.
MARRY, *v. a.* et *n.* 1. Join a man and woman as performing the rite: pòs. 2. dispose of in marriage: thoir am pòsadh, pòs ṙi. 3. take for husband or wife: pòs.
MARSH, *s.* Lòn, boglach, fèith.
MARSH-MALLOW, *s.* Malomh, lus nam meall mòra.
MARSH-MARIGOLD, *s.* Lus-buidhe-bealltainn.
MARSHAL, *s.* 1. The chief officer of arms: ceann-ard-airm, àrd-cheann-feadhna. 2. an officer who regulates combats in the lists: ceannard-còmhraig. 3. any one who regulates rank or order at a feast: ceann-suidhe, ceann-riaghailt. 4. an harbinger: roimh-ṙuith-fhear.
MARSHAL, *v. a.* 1. Arrange, rank in order: tarruing suas, cuir an òrdugh. 2. lead, as an harbinger: ṙoimh-imich, treòraich.
MARSHALLER, *s.* Fear-riaghailt, fear-riaghlaidh.
MARSHALSHIP, *s.* Àrd-cheann-feadhnachd, marascalachd.
MARSH-CROCKET, *s.* Seòrsa de bhiolar-an-fhuarain.
MARSHY, *adj.* Bog, fliuch, fèitheach, lòinteach.
MART, *s.* 1. A place of public traffic: àite-margaidh. 2. bargain, purchase and sale: cùmhnant, reic, ceannachd.
MART, *v. a.* et *n.* 1. Traffic, buy or sell: dean margadh, reic, malairtich, ceannaich. 2. trade dishonourably: dean feall-cheannachd.
MARTEL, *v. n.* Buail, thoir buile do.
MARTEN, } *s.* 1. A kind of weasel: taghan. 2.
MARTERN, } a kind of swallow: gobhlan-gaoithe.
MARTIAL, *adj.* 1. Warlike, fighting, given to war: cogach, gaisgeanta, curanta, còdha, treun. 2. having a warlike show, suiting war: cogail, cathach, saighdearach.
MARTIALISM, *s.* Gaisgealachd, curantachd, tréine.
MARTIALIST, *s.* Fear-cogaidh, fear-catha, curaidh, gaisgeach.
MARTINET, } *s.* Gobhlan-gaoithe.
MARTLET, }
MARTINGAL, *s.* Iall-chasaidh, iall-cheannsachaidh eich.
MARTINMAS, *s.* Samhuinn. Martinmas day: latha-samhna. Fèill màrtainn.
MARTYR, *s.* Fianuis, fear-fianuis, martarach.
MARTYR, *v. a.* 1. Put to death for virtue, or true profession: cuir gu bàs, air son a' chreidimh. 2. torment: pian. 3. murder, destroy: mort, mill, dìthich, sgrios.
MARTYRDOM, *s.* Bàs fir-fianuis, bàs air son a' chreidimh.
MARTYRIZE, *v. a.* Ìobair, tairg mar ìobairt.
MARTYROLOGE, *s.* Clàr-ainm fhear-fhianuis.
MARTYROLOGIST, *s.* Sgrìobhadair, mu ṫuchd-fianuis.
MARTYROLOGY, *s.* Sgrìobhadh, no, eachdraidh ṫuchd-fianuis.
MARVEL, *s.* Iongantas, iongnadh.
MARVEL, *v. n.* Gabh iongnadh, biodh iongnadh ort.
MARVELLOUS, *adj.* Iongantach, neònach, annasach, do-chreidsinn.
MARVELLOUSLY, *adv.* See Marvellous.
MARVELLOUSNESS, *s.* Iongantachd, neònachas, annasachd.
MARY-BUD, *s.* See Marigold.
MASCULATE. *v. a.* Dean làidir, fàg làidir.
MASCULINE, *adj.* 1. Male, not female: firionn. 2. resembling man, virile, powerful: duineil, neartmhor, fearail, tapaidh, garbh.
MASCULINELY, *adv.* See Masculine.
MASCULINENESS, *s.* Duinealachd, neartmhorachd, fearalachd, tapachd, gairbhe.
MASH, *s.* 1. The space between the threads of a net: mogul. 2. any thing mingled or beaten together into an indistinguished, or confused body: measgan, measgadh, coimeasgadh.
MASH, *v. a.* 1. Beat into a confused mass: pronn, bruth, co-phronn, coimeasg. 2. mix malt and water together in brewing: maistrich.
MASHY, *adj.* Pronnta, coimeasgta, bruthta.
MASK, *s.* 1. A cover to disguise the face: cidhis. 2. any pretence or subterfuge: leisgeul, cuilbheart, car. 3. a festive entertainment in which the company is masked: cluich-cidhis. 4. a revel, a piece of mummery, a wild bustle: buaireas, ùpraid.
MASK, *v. a.* et *n.* 1. Disguise with a mask or vizor: cuir cidhis air. 2. cover, hide: ceil, folaich. 3. revel, play the mummer: dean balbh-shùgradh, bi ṙi balbh-aighear. 4. be disguised any way: bi ceilte, bi an riochd eile.
MASKER, *s.* Fear-cidhis.
MASLIN, *adj.* Measgta, coimeasgta.
MASON, *s.* Clachair.

MASONIC, *adj.* Clachaireach.
MASONRY, *s.* Clachaireachd.
MASQUERADE, *s.* 1. A diversion in which the company is masked: cluich-chidhis. 2. disguise: folach.
MASQUERADE, *v. a.* et *n.* Rach fuidh chidhis, cuir fuidh chidhis.
MASQUERADER, *s.* Fear-cidhis.
MASS, *s.* 1. A body, a lump, a continuous quantity: meall, dùn, tòrr. 2. a large quantity, bulk, a vast body: tomad, tomult, tom. 3. the general, the bulk: a' mhòr-chuid. 4. the service of the Romish church at the celebration of the eucharist: aifrionn. 5. a festival: féill, féisd.
MASS, *v. n.* Dean aifrionn.
MASSACRE, *s.* 1. Carnage, slaughter, butchery, indiscriminate destruction: casgradh, casgairt, di-mhilleadh, sluagh-mhortadh. 2. murder: mort.
MASSACRE, *v. a.* Casgair, marbh, di-mhill, dean sluagh-mhort.
MASSACRER, *s.* Fear-casgraidh, fear-sluagh mhortaidh.
MASSETER, *s.* Fèith-peircill.
MASSINESS, } *s.* Cudthrom, tomad, truimead, tom-
MASSIVENESS, } adachd.
MASSIVE, } *adj.* Cudthromach, trom, tomadach.
MASSY, }
MAST, *s.* 1. Of a boat or ship: crann. 2. the fruit of the oak and beech: cnò.
MASTED, *adj.* Crannach.
MASTER, *s.* 1. One who has servants: maighstir, fear-tighe. 2. a director, a governor: fear-riaghlaidh, fear-stiùraidh, uachdaran. 3. owner, proprietor: maighstir, sealbhadair. 3. a lord, a ruler: tighearn, uachdaran. 5. chief, head: ceann. In composition: àrd. *Master*-builder: àrd-fhear-togalach. 6. commander of a trading ship: sgiobair. 7. one uncontrolled: saoranach, fear saor. 8. one who teaches, a teacher: maighstir, fear-teagaisg, oide-ionnsachaidh.
MASTER, *v. a.* et *n.* 1. Be a master, rule, govern: dean maighstireachd air, riaghail. 2. conquer, overpower, subdue: ceannsaich, faigh buaidh air. 3. execute with skill: coimhlion gu gleusda. 4. excel in any thing: bi ealanta, bi gleusda.
MASTER-JEST, *s.* Àrd-abhcaid, àrd-àmhailt.
MASTER-KEY, *s.* Àrd-iuchar.
MASTER-SINEW, *s.* An fhèith mhòr, fèith na h-iosgaid.
MASTER-STRING, *s.* Àrd-theud.
MASTER-TEETH, *s.* Fiaclan mòra.
MASTERDOM, *s.* Maighstireachd.
MASTERFUL, *adj.* 1. Imperious: tighearnail, smachdail, làdasach. 2. having the skill of a master, artful: ealanta, gleusda.
MASTERLESS, *adj.* 1. Wanting a master or owner: gun maighstir, gun sealbhadair. 2. ungoverned, unsubdued: neo-cheannsaichte.
MASTERLINESS, *s.* Àrd-ealantachd.
MASTERLY, *adj.* Maighstireil, ealanta, grinn.
MASTERPIECE, *s.* 1. Capital performance: àrd-ghnìomh, euchd, gnìomh urramach. 2. chief excellence: urram, an t-urram, àrd-innleachd, àrd-bhuaidh.
MASTERSHIP, *s.* 1. Dominion, rule, power: maighstireachd, uachdranachd, ceannsal. 2. superiority, pre-eminence: urram, buaidh. 3. chief work: àrd-ghnìomh. 4. skill, knowledge: ealain, eòlas.
MASTERY, *s.* See Mastership.
MASTFUL, *adj.* Cnòthach, làn chnothan daraich.
MASTICATION, *s.* Cagnadh.
MASTICATORY, *s.* Cungaidh-chagnaidh, leigheas-cagnaidh.
MASTICH, } *s.* Bìgh, seòrsa glaoidh.
MASTICK, }
MASTIFF, *s.* Madadh, cù mòr, cù feòladair.
MASTLESS, *adj.* Gun chrann, gun chnothan. See Mast, *s.*
MASTLIN, *s.* Coimeasgadh.
MAT, *s.* Brat-luachrach, brat-ùrlair.
MAT, *v. a.* 1. Cover with mats: còmhdaich le brat-luachrach. 2. twist together, join like a mat: figh, co-fhigh.
MATCH, *s.* Leus, lasadan.
MATCH, *s.* 1. One equal to another, one able to contest with another: mac-samhuil, fear-dùlain. 2. one that suits, or tallies with another: leth-bhreac. 3. a marriage: pòsadh. 4. one to be married: urra-phòsaidh. 5. a contest, a game: comh-stri, connsachadh.
MATCH, *v. a.* et *n.* 1. Be equal to, suit, proportion: co-fhreagair. 2. marry, give in marriage: pòs, thoir am pòsadh. 3. be married: pòs, bi pòsda.
MATCHABLE, *adj.* Co-fhreagarrach, co-ionannach.
MATCHLESS, *adj.* Gun choimeas, ro urramach, ro ghasda.
MATCHLESSLY, *adv.* See Matchless.
MATCHLESSNESS, *s.* Neo-shamhluidheachd, ro-urramachd.
MATCHMAKER, *s.* 1. One who contrives marriages: fear-dèanaimh phòsaidhean. 2. one who makes matches to burn: fear-dèanaimh lasadan.
MATE, *s.* 1. A husband, or wife: céile. 2. a companion, male, or female: còmhlan, companach. 3. the male or female of animals: céile. 4. one that sails in the same ship: co-sheòladair, còmhlan-luinge.
MATE, *v. a.* 1. Match, marry: pòs. 2. be equal to: co-fhreagair. 3. oppose to, equal: dean co-ionnann.
MATELESS, *adj.* Gun chéile, gun chompanach, aonarach.
MATERIAL, *adj.* 1. Consisting of matter, corporeal, not spiritual: corporra. 2. important, momentous, essential: cudthromach, feumail, sònruichte. 3. not formal: ann féin.
MATERIALISM, *s.* Àicheadh spiorad.
MATERIALIST, *s.* Fear-àicheidh spiorad.
MATERIALITY, *s.* Corporrachd, brìoghmhorachd.
MATERIALIZE, *v. a.* Thoir corp do, cuir an cruth corporra.
MATERIALLY, *adv.* See Material.
MATERIALNESS, *s.* 1. State of being material: corporrachd. 2. importance: cudthromachd.

MATERIATE, } *adj.* Corporra.
MATERIATED, }
MATERNAL, *adj.* Màthaireil.
MATERNITY, *s.* Màthaireachd, màthairealachd.
MATHEMATICIAN, *s.* Fear ealain thomhas is àireamh.
MATHEMATICS, *s.* Ealain thomhas is àireamh.
MATHER, *s.* Màdar.
MATHESIS, *s.* See Mathematics.
MATIN, *adj.* Maduinneach, maduinneil, moch.
MATIN, *s.* Maduinn, moch-thra.
MATINS, *s.* Aoradh maidne, maduinnean.
MATRASS, *s.* Gloine-thogalach, seòrsa buideil, no, searraig.
MATRICE, *s.* 1. The womb: bolg, machlag. 2. a mould: laghadair, inneal cumaidh.
MATRICIDE, *s.* 1. Slaughter of a mother: mort màthar. 2. a mother-killer: mortair màthar.
MATRICULATE, *v. a.* Gabh a stigh ainm, cuir sìos ainm an co-chomunn, mar ainm foghlumaiche an oil-thigh.
MATRICULATE, *s.* Foghlumaich ainmichte.
MATRICULATE, *adj.* Ainmichte an comunn, no, an oil-thigh.
MATRICULATION, *s.* Ainm-ghabhail, cur sìos ainme.
MATRIMONIAL, *adj.* Pòsda, a bhuineas do 'n dàimh phòsda.
MATRIMONIALLY, *adv.* See Matrimonial.
MATRIMONY, *s.* Pòsadh, dàimh-pòsaidh.
MATRIX, *s.* See Matrice.
MATRON, *s.* 1. A wife: bean, bean phòsda. 2. an elderly lady: aos bhean, bean chiallach. 3. an old woman: sean bhean, cailleach. 3. a term for a nurse in hospitals: bean-eiridnidh tigh-tinneis.
MATRONLIKE, } *adj.* Mar bhean phòsda, ciallach,
MATRONLY, } suidhichte.
MATTER, *s.* 1. Body, substance extended: ni corporra, ni talmhaidh. 2. materials, that of which any thing is composed: brìgh, ni, rud, stuth. 3. subject, thing treated: cùis, gnothuch, aobhar. 4. the whole, the very thing supposed: an t-iomlan, an dearbh ni. 5. affair, business: ni, cùis, gnothuch. 6. cause of disturbance: màthair-uilc, cùis-bhuaireis. What is the matter? ciod is coireach. What is the matter with thee? ciod a ta teachd riut? ciod a ta cur ort? 7. subject of suit, or complaint: cùis-chasaid, cùis-ghearain, cùis-thalaich. 8. import, consequence, importance, moment: cudthromachd, brìgh, cudthrom, trom. 9. thing, object: cùis, aobhar, ni. 10. question considered: gnothuch, cùis, ni, aobhar. 11. space or quantity computed: tomhas, astar, fad, meud. 12. purulent running, that which is formed by suppuration: iongar.
MATTER, *v. a.* et *n.* 1. Be of importance, import: bi an toirt. What does it *matter?* ciod an toirt? ciod an umhaill. It *matters* not: cha 'n 'eil toirt, cha 'n 'eil umhaill. 2. generate matter by suppuration: iongraich, cruinnich, tionail, tog. 3. regard, neglect not: gabh suim, thoir aire, beachdaich.
MATTERLESS, *adj.* Neo-bhrìoghmhor, neo-shuimeil.
MATTERY, *adj.* 1. Important, full of matter: cudthromach, brìoghmhor, sònruichte. 2. purulent, generating matter: iongarach, iongrachail.
MATTOCK, *s.* Piocaid, madag.
MATTRESS, *s.* Seid, leabhaidh ìochdrach.
MATURATE, *v. a.* Abaich.
MATURATION, *s.* Abachadh.
MATURATIVE, *adj.* Abachail.
MATURE, *adj.* 1. Ripe, perfected by time: abuich. 2. brought near to completion: abuich, coimhlionta. 3. well disposed, fit for execution, well-digested: abuich, deas, ullamh.
MATURE, *v. a.* et *n.* 1. Ripen, advance to ripeness: abaich. 2. advance towards perfection: coimhlion, ulluich. 3. become ripe: abaich, fàs abuich.
MATURELY, *adv.* See Mature.
MATURITY, *s.* Abachd, abaichead, coimhliontachd, ullamhachd.
MATUTINAL, } *adj.* Maduinneach, maduinneil, moch,
MATUTINE, } moch-thrathach.
MAUDLIN, *adj.* Misgeach, leth-mhisgeach, froganach, soganach.
MAUGRE, *adv.* A dh' aindeoin, ge b' oil le.
MAVIS, *s.* Smeòrach.
MAUKIN, *s.* 1. A dishclout: clùd-shoithichean. 2. a scarecrow: bòcan. 3. a coarse, or dirty wench: caile bhreun, dubh-chaile.
MAUL, *s.* Òrd mòr, fairche, slachdan.
MAUL, *v. a.* Buail, gréidh, spuac, bruth, pronn, ciùrr, dochainn, slacraich.
MAULGRE, *adv.* See Maugre.
MAUNCHE, *s.* Muinichioll, muilcheann farsuing.
MAUND, *s.* Sgùlan làimhe.
MAUND, } *v. n.* Bi manndach, dean manndachd,
MAUNDER, } bi gruamach, bi gearanach.
MAUNDERER, *s.* Fear manndach, fear-gruamach, fear-gearain, fear talaich.
MAUNDERING, *s.* Manndachd, gearan, talach.
MAUSOLEUM, *s.* Tuam, tigh-adhlacaidh.
MAUTHER, *s.* Òineid, òinseach.
MAW, *s.* Goile. Of birds: sgròban.
MAWK, *s.* See Maggot, and Maukin.
MAWKINGLY, *adv.* Su drabasdach, gu slaodach, gu salach.
MAWKISH, *adj.* Sgreamhail, sgreataidh, drochbhlasda.
MAWKISHNESS, *s.* Sgreamhalachd, sgreatachd, drochbhlasdachd.
MAWKY, *adj.* See Maggoty.
MAWMET, *s.* Seòrsa dealbh, sgàth, ìodhol.
MAWMISH, *adj.* Sgreataidh, sgreamhail, daochail.
MAW-WORM, *s.* Cnuimh goile.
MAXILLAR, } *adj.* Peircilleach, gialach.
MAXILLARY, }
MAXIM, *s.* Fìrinn shuidhichte, sean fhocal, gnàthbhriathar.
MAY, *auxil. v.* Faod, faodaidh, feud, feudaidh.
MAY-*be*, } *s.* Feudaidh a bhi, dh' fheudtadh.
MAY-*hap*, }
MAY, *s.* Màigh, mìos mhàigh, mìos bhuidhe, an céitean.
MAY-BLOOM, *s.* Sgitheach.

MAY-BUG, *s.* Daol shamhraidh.
MAY-DAY, *s.* Là bealltainn, là buidhe bealltainn.
MAY-GAME, *s.* Cluich-bealltainn.
MAY-POLE, *s.* Crann-céitein.
MAYOR, *s.* Ceannard baile mòir, àrd-bhàillidh.
MAYORALTY, *s.* Ceannardachd baile mòir.
MAYORESS, *s.* Bean ceannaird baile mòir.
MAZARD, *s.* Peirceall, gial.
MAZARD, *v. a.* Buail air a' cheann.
MAZE, *s.* 1. A labyrinth: àite lùbach, cuairt-shlochd. 2. confusion of thought, uncertainty, perplexity: tuaineul, iom-cheist, iom-chomhairle, teagamh.
MAZE, *v. a.* Cuir troimh cheile, cuir an iom-cheist.
MAZER, *s.* Cuach, còrn, cupan.
MAZY, *adj.* Cuairteach, iom-chuairteach, tuaineulach, troimh chéile.
M. D. Giorrachadh air son, " olla-leighis."
ME, *pron.* Mi, mise.
MEACOCK, *s.* Duine meat, fear bog, fear socharach, bogarnach, gealtair.
MEACOCK, *adj.* Meat, bog, socharach, gealtach.
MEAD, *s.* Leann meala, mil-dheoch.
MEAD, MEADOW, *s.* Cluan, lòn, àilean, miadan, faiche, ach, achadh, magh, dail.
MEADOW-SWEET, MEADOW-WORT, *s.* Lus-chneas-Chuchuluinn.
MEAGER, MEAGRE, *adj.* 1. Lean, wanting flesh, starven: caol, bochd, tana, lom, gun fheòil. 2. poor, hungry: bochd, ocrach, falamh, gann.
MEAGRE, *v. a.* Dean caol, dean tana, dean bochd.
MEAGRELY, *adv.* See Meagre, *adj.*
MEAGRENESS, *s.* 1. Leanness, want of flesh: caoile, tainead, luime. 2. scantiness, bareness: gainne, bochduinn.
MEAK, *s.* Corran làmh-fhad.
MEAL, *s.* 1. Act of eating at a certain time: biadh, àm bìdh. 2. the food eaten: trà, trà bìdh. 3. a part, a fragment: bloigh, greim. 4. the flower, or edible part of corn: min.
MEAL, *v. a.* Crath, crath air, measgaich le.
MEALMAN, *s.* Fear-mine, reiceadair mine.
MEALY, *adj.* 1. Having the taste, or soft insipidity of meal: tioram, mar mhin. 2. besprinkled as with meal: craithte, measgaichte le.
MEALY-MOUTHED, *adj.* Bog-bheulach, beulchar, sodalach, mìn-bhriathrach, cealgach.
MEALY-MOUTHEDNESS, *s.* Bog-bheulachd, sodal, mìn-bhriathrachd.
MEAN, *adj.* 1. Wanting dignity, of low rank, or birth: ìosal, suarach. 2. low-minded, base, ungenerous, spiritless: mìodhoir, tàireil, suarach. 3. contemptible, despicable: tàir, dìblidh, suarach, dìmeasach. 4. low in the degree of any good quality, low in worth: ìosal. 5. middle, moderate, without excess: meadhonach, neo-anabharrach. 6. intervening, intermediate: meadhonach.
MEAN, *s.* 1. Mediocrity, middle rate, medium: meadhonachd, meadhon, cuibheasachd. 2. measure, regulation: tomhas, riaghailt. 3. interval, interim, meantime: seal, sealan, ceart àm. 4. instrument, measure, that which is used in order to any end: meadhon, inneal. By all means: air na h-uile cor. By no means: air chor sam bith. 5. *means*, revenue, fortune: teachd a stigh, cothrom, saoibhreas. Mean-time, or mean-while: 's a' cheart àm.
MEAN, *v. a.* et *n.* 1. Purpose, intend, design: rùnaich, cuir romhad, togair. 2. intend, hint covertly, understand: ciallaich. 3. have in mind, purpose: rùnaich, biodh a' mhiann ort. 4. think, have the power of thought: smuainich.
MEANDER, *s.* Cuairt-lùb, cuairt-char, fiaradh.
MEANDER, *v. a.* et *n.* Lùb, fiar, crom.
MEANDRIAN, MEANDRY, MEANDROUS, *adj.* Cuairt-lubach, cuairt-charach, fiar.
MEANING, *s.* 1. Purpose, intention: rùn. 2. habitual intention: inntinn, rùn suidhichte. 3. sense, the thing understood: ciall, seadh, brìgh. 4. sense, power of thinking: ciall, tuigse.
MEANLY, *adv.* See Mean, *adj.*
MEANNESS, *s.* 1. Want of excellence: ìsleachd, bochduinn. 2. want of dignity, low rank, poverty: bochduinn, ìsleachd, suarachas. 3. lowness of mind: mìodhoireachd, tàirealachd. 4. sordidness, niggardliness: mìodhoireachd, spìocaireachd, mosaiche.
MEANT, *pret. part. v.* Mean. Ciallaichte, rùnaichte. See Mean, *v.*
MEASE, *s.* See Mess.
MEASLE, *s.* 1. *pl.* A critical eruption in a fever: griùthach, griùthrach. 2. a disease of swine: mùir.
MEASLED, *adj.* Fuidh 'n ghriùthach, mùireach.
MEASLY, *adj.* See Measled.
MEASURABLE, *adj.* So-thomhas.
MEASURABLENESS, *s.* So-thomhasachd.
MEASURABLY, *adv.* See Measurable.
MEASURE, *s.* 1. That by which any thing is measured: tomhas, cuimse, riaghalt, uidheam-tomhais, inneal-tomhais. 2. the rule by which any thing is adjusted, or proportioned: riaghailt, uidheam-suidheachaidh, no, socrachaidh. 3. proportion, quantity settled: tomhas. 4. a stated quantity: tomhas. 5. sufficient quantity: gu leòir, ni 's leòr, cuimse. 6. allotment, portion allotted: cuibhrionn, cuid, roinn, earrann. 7. degree, quantity: tomhas, cuid. 8. proportionate time, musical time: tomhas, riaghailt. 9. moderation, not excess: measarrachd, cuimse. 10. limit, boundary: tomhas, crìoch, fad. 11. any thing adjusted: cùis, cùis shuidhichte. 12. syllables metrically numbered, metre: rannachd, tomhas. 13. mean of action, mean to an end: cùis, meadhon.
MEASURE, *v. a.* 1. Compute the quantity by any settled rule: tomhais. 2. pass through, judge of extent, by passing over: tomhais. 9. adjust, proportion: cuimsich, suidhich. 4. mark out in stated quantities: tomhais. 5. allot, or distribute by measure: roinn, tomhais.
MEASURELESS, *adj.* Do-thomhas.
MEASUREMENT, *s.* Tomhas.
MEASURER, *s.* Fear-tomhais, inneal-tomhais.

MEAT, *s.* 1. Flesh to be eaten: feòil. 2. food in general: biadh, teachd-an-tìr.
MEATED, *adj.* Biadhta.
MEATH, *s.* 1. See Mead, *s.* 2. option, preference: roghadh, roghainn, taghadh.
MEAW, *v. n.* See Mewl.
MECHANIC, } *adj.* 1. Skilled in mechanics, bred
MECHANICAL, } to manual labour: céirdeil, innleachdach, saothrachail, ionnsuichte an ceàird. 2. mean, servile, of mean occupation: ìosal, oibreachail.
MECHANIC, *s.* Fear-céirde.
MECHANICS, *s.* Ealan-chéirde, gleus-làmh.
MECHANICALLY, *adv.* See Mechanic, *adj.*
MECHANICALNESS, *s.* 1. Agreeableness to the laws of mechanism: ealantachd. 2. meanness: ìsleachd.
MECHANICIAN, *s.* Fear-céirde, fear-ealain.
MECHANISM, *s.* 1. Action according to mechanic laws: riaghailteachd, car-ealain, ealan-ghluasadachd. 2. construction of parts depending on each other: dealbhadh, grinn-dhealbhadh.
MECHANIST, *s.* Fear-céirde, fear-ealain.
MEDAL, *s.* 1. An ancient coin: sean chùinneadh. 2. a piece stamped in honour of some remarkable performance: cùinneadh-cuimhneachain.
MEDDLE, *v. n.* 1. Have to do with: buin ri, buin do, bean ri. 2. interpose, act in any thing: dean eadraiginn, cuir làmh ann. 4. interpose, or intervene opportunely, or officiously: biodh làmh agad ann.
MEDDLER, *s.* Beadagan, fear meachranach, meachranaiche.
MEDDLESOME, *adj.* Meachranach, beadaidh.
MEDDLESOMENESS, *s.* Meachranachd, beadaidheachd.
MEDDLING, *adj.* See Meddlesome.
MEDIASTINE, *s.* Lìon mionaich.
MEDIATE, *v. a.* et *n.* 1. Effect by mediation: sìthich, réitich, dean réidh. 2. limit by something in the middle: cuir crìoch meadhoin ri. 3. interpose as an equal friend to both parties: dean eadraiginn, dean réite. 4. be between two: bi eadar-mheadhonach.
MEDIATE, *adj.* Meadhonach, eadar-meadhonach.
MEDIATELY, *adv.* See Mediate, *adj.*
MEDIATION, *s.* 1. Interposition, intervention, agency between two parties by a common friend: eadraiginn, réite, réiteachadh, sìtheachadh, eadarghuidhe. 2. agency interposed, intervenient power: meadhon, meadhonachd. 3. intercession, entreaty for another: guidhe, eadarghuidhe.
MEDIATOR, *s.* 1. One that intervenes between two parties: fear-eadraiginn, fear-réite, fear-sìtheachaidh. 2. one of the characters of our blessed Saviour: Eadar-mheadhonair.
MEDIATORIAL, } *adj.* Eadar-mheadhonach, réiteach-
MEDIATORY, } ail.
MEDIATORSHIP, *s.* Eadar-mheadhonaireachd, réite.
MEDIATRESS, } *s.* Bean-réite, bean-shìtheachaidh.
MEDIATRIX, }
MEDICABLE, *adj.* So-leighis, so-leasachaidh.
MEDICAL, *adj.* Leigheasach, ìocshlainteach, léigheil.
MEDICALLY, *adv.* See Medical.
MEDICAMENT, *s.* Cungaidh, leighis, iocshlaint.
MEDICAMENTAL, *adj.* Leigheasach, iocshlainteach.
MEDICAMENTALLY, *adv.* See Medicamental.
MEDICASTER, *s.* Feall-leigh.
MEDICATE, *v. a.* Measgaich le leigheas, cuir iocshlaint ann.
MEDICATION, *s.* Deanamh suas chungaidhean-leighis, slànachadh.
MEDICINABLE, } *adj.* Leigheasach, iocshlainteach.
MEDICINAL, }
MEDICINALLY, *adv.* See Medicinal.
MEDICINE, *s.* Cungaidh-leighis, ealain-leigheas, eòlas-leighis.
MEDICINE, *v. a.* Leighis, slànuich.
MEDIETY, *s.* Meadon, meadhonachd.
MEDIOCRE, *adj.* Meadhonach, cuibheasach, an eatorras.
MEDIOCRIST, *s.* Fear meadhonach.
MEDIOCRITY, *s.* Meadhonachd, cuibheas, eatorras, measarrachd.
MEDITATE, *v. a.* et *n.* 1. Plan, scheme, contrive: tionnsgain, deilbh. 2. think on, revolve in the mind: smuainich air, cnuasaich. 3. think, muse, contemplate: beachd-smuainich.
MEDITATION, *s.* Smuain, smuaintean, beachd-smuaineachadh, breithneachadh, beachd-smuaintean.
MEDITATIVE, *adj.* 1. Addicted to meditation: smuainteachail, beachd-smuainteach. 2. expressing intention, or design: rùntach, rùnachail.
MEDITERRANEAN, } *adj.* Meadhon-thìreach, eadar-
MEDITERRANEOUS, } thìreach.
MEDIUM, *s.* 1. Any thing intervening: meadhon, inneal. 2. the middle place or degree: meadhon, eadar-mheadhon.
MEDLEY, *s.* Coimeasgadh, treamsgal.
MEDLEY, *adj.* Coimeasgta, troimh chéile.
MEDLE, } *v. a.* Coimeasgaich. See Meddle.
MEDLY, }
MEDULLAR, } *adj.* Smiorach, beò-smiorach.
MEDULLARY, }
MEED, *s.* 1. Reward, recompense: duais, luach-saothrach. 2. present, gift: tiodhlac, tabhartas, buileachas.
MEEK, *adj.* Macanta, ciùin, màlda, soitheamh, mìn, sèimh, iriosal.
MEEK, } *v. a.* Ciùinich, sèimhich, irioslaich.
MEEKEN, }
MEEKLY, *adv.* See Meek, *adj.*
MEEKNESS, *s.* Ciùineachd, sèimheachd, màldachd, soitheamhachd, mìneachd, irioslachd.
MERE, *s.* Loch, muir, crìoch,
MEERED, *adj.* Crìochail, crìochnachail.
MEET, *adj.* Iomchuidh, freagarrach, ceart, cubhaidh.
MEET, *v. a.* et *n.* 1. Come face to face, encounter by travelling in opposite directions: còmhlaich, coinnich. 2. encounter in hostility: coinnich, tachair air, buail. 3. encounter unexpectedly: tuit air. 4. join another in the same place: coinnich, cum còmhdhail ri. 5. close with one another: coinnich, dùin ri. 6. find, light on: tuit air, faigh, tachair ri. 7. assemble from different parts:

coinnich, cruinnich. 8. encounter, close face to face: coinnich. 9. meet *with*, light on, find: faigh, tachair air. 10. meet *with*, join: coinnich, dlùthaich. 11. meet *with*, suffer unexpectedly: tachair air. 12. meet *with*, encounter, engage: buail, thoir coinneamh do. 13. unite, join: coinnich.

MEETER, *s.* Fear-còmhdhail, còmhdhalaiche.

MEETING, *s.* 1. An assembly, a convention: cruinneachadh, coimhthional, còmhdhail. 2. an interview: coinneamh.

MEETING-HOUSE, *s.* Tigh-coinnimh.

MEETLY, *adv.* See Meet, *adj.*

MEETNESS, *s.* Iomchuidheachd, freagarrachd, cubhaidheachd.

MEGACOSM, *s.* An domhain, an cruinne-cé.

MEGRIM, *s.* Galar-cinn, goirteas-cinn, tuaineul.

MEING, *s.* Teaghlach, luchd-muinntir.

MELANCHOLIC, *adj.* 1. Disordered with melancholy, fanciful, hypocondriacal, gloomy: dubhach, fuidh ìeann-dubh, trom. 2. unhappy, unfortunate, causing sorrow: brònach, muladach, tuirseach. 3. dismal: duaichnidh, tiamhaidh.

MELANCHOLIAN, } *s.* 1. A person diseased with
MELANCHOLIC, } melancholy: neach dubhach, neach fuidh ìeann dubh. 2. a gloomy state of mind: dubhachas, leann-dubh.

MELANCHOLILY, *adv.* See Melancholy, *adj.*

MELANCHOLINESS, *s.* Dubhachas, leann-dubh.

MELANCHOLIST, *s.* See Melancholian.

MELANCHOLIZE, *v. a.* et *n.* Fàs dubhach, cinn dubhach, dèan dubhach, fàg dubhach.

MELANCHOLY, *s.* 1. A disease supposed to proceed from a redundancy of black bile: leann-dubh, mulad. 2. a kind of madness in which the mind is always fixed on one object: trom-inntinn, dubh-bhròn, bròn-cuthaich. 3. a gloomy, pensive, discontented temper: dubhachas, tuirse, mulad.

MELANCHOLY, *adj.* 1. Gloomy, dismal: tiamhaidh, duaichnidh, muladach. 2. diseased with melancholy, fanciful, habitual dejected: fuidh ìeann-dubh, dubhach, brònach, tuirseach, trom.

MELANGE, *s.* Coimeasgadh.

MELILOT, *s.* An ealbhuidh.

MELIORATE, *v. a.* Leasaich, càirich, cuir am feabhas.

MELIORATION, *s.* Leasachadh, càradh, feabhas.

MELL, *s.* Mill.

MELLIFEROUS, *adj.* Mileach, mealach.

MELLIFICATION, *s.* Mil-dheanamh.

MELLIFLUENCE, *s.* Sruth-mhilseachd, mil-shruthachd.

MELLIFLUENT, } *adj.* Mileach, milis, mil-shruthach.
MELLIFLUOUS, }

MELLOW, *adj.* 1. Soft with ripeness, full ripe: làn-abuich, caoin-abuich. 2. soft in sound: caoin-fhuaimneach, bog-fhuaimneach, tlà-fhuaimneach, tlà-ghuthach. 3. soft, unctuous: bog, tais, sultmhor. 4. drunk: air mhisg, misgeach.

MELLOW, *v. a.* et *n.* 1. Ripen, mature, soften by ripeness: abuich, caoin-abuich, dean caoin le abachadh. 2. soften: bogaich, taisich. 3. be matured, ripen: abuich, fàs làn-abuich.

MELLOWNESS, *s.* 1. Maturity of fruits, ripeness, softness by maturity: abachd, làn-abachd, caoin-abachd. 2. maturity, full of age: làn-aois, sean-aois. 3. softness of sound: tlà-ghuthachd, tais-ghuthachd.

MELLOWY, *adj.* Bog, tais, sultmhor.

MELODIOUS, *adj.* Binn, fonnmhor, ceòlmhor, ceileireach.

MELODIOUSLY, *adv.* See Melodious.

MELODIOUSNESS, *s.* Binne, fonnmhorachd, ceòlmhorachd, ceileireachd.

MELODY, *s.* Binneas, ceòl, fonn, fonnmhorachd, cosheirm.

MELON, *s.* Meal-bhucan.

MELT, *v. a.* et *n.* Leagh, taisich, bogaich, caith as.

MELTER, *s.* Fear-leaghaidh, leaghadair.

MELTINGLY, *adv.* Gu leaghtach.

MELTING, *s.* Leaghadh, taiseachadh.

MELTINGNESS, *s.* Leaghtachd, taisealachd.

MEMBER, *s.* 1. A limb, a part appendant to the body: ball. 2. a part of a discourse or period, a head, a clause: ceann, earrann, roinn, ponc. 3. one of a community: ball.

MEMBRANE, *s.* Lìonan fèitheach, sgannan, cochull.

MEMBRANACEOUS, }
MEMBRANEOUS, } *adj.* Sgannanach, cochullach.
MEMBRANOUS, }

MEMENTO, *s.* Cuimhneachan, sanas, rabhadh.

MEMOIR, *s.* 1. An account of transactions familiarly written: mion-eachdraidh, sgeul sgrìobhta. 2. hint, notice: rabhadh, sanas, cuimhneachan.

MEMORABLE, *adj.* Ainmeil, cliùiteach, ion-chuimhneachaidh.

MEMORABLY, *adv.* See Memorable.

MEMORANDUM, *s.* Cuimhneachan, comharradh-cuimhne.

MEMORATIVE, *adj.* Cuimhneachail.

MEMORIAL, *s.* 1. A monument, something to preserve memory: cuimhneachan. 2. hint to assist the memory: comharradh-cuimhne. 3. an address, reminding of services, and soliciting reward: cuimhneachan duaise.

MEMORIAL, *adj.* 1. Preservative of memory: cuimhneachail. 2. contained in memory: air chuimhne.

MEMORIALIST, *s.* Fear-cuimhneachain, fear-cur an cuimhne.

MEMORIZE, *v. a.* Cuir air chuimhne, sgrìobh cunntas air.

MEMORY, *s.* 1. The power of retaining, or recollecting things: cuimhne, meadhar, meadhail. 2. exemption from oblivion: cuimhne. 3. time of knowledge: àm-cuimhne. 4. memorial, monumental record: cuimhneachan.

MEN, *pl.* of Man. Daoine, fir.

MEN-PLEASER, *s.* Fear-toileachaidh dhaoine.

MENACE, *v. a.* Bagair, maoidh, bùitich.

MENACE, *s.* Bagradh, bagairt, maoidheadh, bùiteach.

MENACING, *s.* Bagradh, bagairt, maoidheadh.

MENAGE, *s.* 1. A collection of animals: cruinn-

eachadh fhiadh-bheathaichean. 2. See Manege, and Manage.

MENAGERY, *s.* 1. See Menage, 1. 2. the place in which wild animals are kept: lann-fhiadh-bheathach.

MENAGOGUE, *s.* Leigheas bhan.

MEND, *v. a.* et *n.* 1. Repair from breach or decay: càirich, dean suas. 2. correct, alter for the better: leasaich, ath-leasaich. 3. help, advance: cuidich, cuir air aghaidh. 4. improve, increase: leasaich, cuir ri, cuir am meud. 5. grow better: rach am feabhas, rach ni 's feàrr, cinn ni 's feàrr.

MENDABLE, *adj.* So-leasachaidh.

MENDACIOUS, *adj.* Breugach, feallsa, spleadhach.

MENDACITY, *s.* Breugaireachd, feallsachd, spleadhachas.

MENDER, *s.* Fear-leasachaidh, fear-càraidh.

MENDICANCY, *s.* See Beggary.

MENDICANT, *adj.* Bochd, truagh, uireasbhuidheach, beò air déircibh.

MENDICANT, *s.* Fear bochd, bràthair bochd, fear-iarruidh dhéircean.

MENDICATE, *v. a.* Iarr déircean, iarr cuideachadh, iarr oircheas.

MENDICITY, *s.* See Beggary.

MENIAL, *adj.* Tràilleil, muinntireach.

MENIAL, *s.* Seirbhiseach, fear-muinntir, bean-mhuinntir.

MENINGES, *s.* Lìontan, no, còmhdach na h-eanchainn.

MENOLOGY, *s.* Mìosachan, clàr mhìos.

MENOW, *s.* See Minnow.

MENSAL, *adj.* Bòrdach, a bhuineas do 'n bhòrd.

MENSE, *s.* Eireachdas, tlachdmhorachd, ciatfachd, modh, beus.

MENSEFUL, *adj.* Eireachdail, tlachdmhor, ciatfach, modhail, beusach.

MENSELESS, *adj.* Neo-eireachdail, neo-thlachdmhor, no-chiatfach, neo-mhodhail.

MENSTRUAL, *adj.* Mìosach, uair 's a' mhìos.

MENSTRUUM, *s.* Uisge tarruing.

MENSURABILITY, *s.* So-thomhaiseachd.

MENSURAL, *adj.* Tomhasach, tomhasail.

MENSURATE, *v. a.* Tomhais, gabh a thomhas.

MENSURATION, *s.* Tomhas, ealan-tomhais.

MENTAL, *adj.* Inntinneach, inntinneil, 's an inntinn.

MENTALLY, *adv.* See Mental.

MENTION, *s.* Ainmeachadh, luaidh, iomradh, aithris, labhairt, seanachas.

MENTION, *v. a.* Ainmich, luaidh, aithris, labhair mu, luaidh air, abair.

MEPHITIC, MEPHITICAL, *adj.* Breun, lobhta, air dhroch bholadh.

MERACIOUS, *adj.* Làidir, boltrach.

MERCABLE, *adj.* So-reicidh, so-cheannach.

MERCANTILE, *adj.* Malairteach, marsantach, margail.

MERCAT, *s.* See Market.

MERCATURE, *s.* Reic, ceannachd, malairt.

MERCENARINESS, *s.* Geall air buannachd, déigh air duais, sannt gràineil.

MERCENARY, *adj.* 1. Venal, hired, sold for money: malairteach, ri reiceadh, duais-ghabhaltach. 2. too studious of profit, acting only for hire: gionach, sanntach, duais-dhéidheil.

MERCENARY, *s.* Seirbhiseach-duaise, fear ceannaichte, tuarasdalaiche.

MERCER, *s.* Reiceadair sìoda, ceannaiche sìoda.

MERCERSHIP, *s.* Ceannachd shìoda.

MERCERY, *s.* 1. Any ware to sell: bathar, ceannachd. 2. trade of mercers: ceannachd shìoda.

MERCHAND, *v. n.* Malairtich, bi ri ceannachd.

MERCHANDISE, *s.* 1. Traffic, commerce, trade: ceannachd, malairt. 2. wares, any thing to be bought or sold: bathar, ceannachd.

MERCHANDISE, *v. n.* Malairtich, bi ri ceannachd.

MERCHANDRY, *s.* Malairt, reic, ceannachd.

MERCHANT, *s.* 1. One who traffics to remote countries: ceannaiche, marsanta. 2. a ship of trade: long-bhathair, long-cheannachd.

MERCHANT, *v. n.* Malairtich, bi ri ceannachd.

MERCHANTLIKE, MERCHANTLY, *adj.* Marsontach, eòlach air reic is ceannachd.

MERCHANT-MAN, *s.* Long mharsontachd, long-bhathair.

MERCHANTABLE, *adj.* So-reicidh, so-cheannach.

MERCIFUL, *adj.* Tròcaireach, iochdmhor, truacanta, daonnach, teò-chridheach.

MERCIFULLY, *adv.* See Merciful.

MERCIFULNESS, *s.* Tròcaireachd, iochdmhorachd, truacantachd, daonnachd, teò-chridheachd.

MERCIFY, *v. a.* Truasaich, gabh truas ri.

MERCILESS, *adj.* Mi-thròcaireach, an-iochdmhor, neo-thruacanta, cruaidh-chridheach.

MERCILESSLY, *adv.* See Merciless.

MERCILESSNESS, *s.* Mi-thròcaireachd, an-iochdmhorachd, no-thruacantachd.

MERCURIAL, *adj.* 2. Active, sprightly: beothail, sunndach, cridheil. 2. consisting of quicksilver: beò-airgiodach. 3. giving intelligence, directing: iùlmhor.

MERCURIAL, *s.* 1. An active, sprightly, gay person: lasgair, neach beothail. 2. (in medicine): cungaidh bheò airgid.

MERCURY, *s.* 1. One of the planets: ainm aoin de na reultaibh. 2. quicksilver: airgiod beò, beo-airgiod. 3. sprightly qualities: beothalachd, sunnd, sunndachd. 4. a newspaper: litir--naidheachd. 5. a messenger: teachdaire.

MERCURY, *v. a.* Nigh le beò-airgiod.

MERCY, *s.* 1. Tenderness, goodness, pity, clemency: tròcair, iochd, truas, maitheas. 2. pardon: maitheanas. 3. discretion, power of acting at pleasure: comas, làn-chomas.

MERCY-SEAT, *s.* Caithir na tròcair, caithir-thròcair.

MERD, *s.* Innear, buachar, cac.

MERE, *adj.* Fìor, a mhàin.

MERE, *s.* 1. A pool, a large pool, or lake: loch, linne, muir. 2. a boundary: crioch, iomall.

MERE, *v. a.* Cuir crìochan ri, crìochnaich.

MERELY, *adv.* A mhàin, a dh' aon chuid, leis féin, ach gann, dìreach.

MERETRICIOUS, *adj.* Siùrsachail, strìopachail, macnusach, neo-gheamnuidh.

MERETRICIOUSLY, *adv.* See Meretricious.

MERETRICIOUSNESS, *s.* Siùrsachalachd, strìopachalachd, macnusachd, neo-gheamnuidheachd.

MERGE, *v. a.* et *n.* 1. Immerse, plunge: tum, cuir fuidhe. 2. be swallowed up, be lost, be sunk: rach fuidhe, bi caillte, bi fuidhe.

MERIDIAN, *s.* 1. Noon, mid-day: meadhon là, tra neòin, neòin. 2. the line drawn from north to south, which the sun crosses at noon: cridhe na h-àirde deis. 3. the particular place, or state of any thing: àirde, àird. 4. the highest point of glory or power: àirde, àrd-inbeachd.

MERIDIAN, *adj.* 1. Being at the point of noon: meadhon-lathach, mu thra-ṅeòin. 2. extended from north to south: o thuath gu deas. 3. raised to the highest pitch: àrdaichte.

MERIDIONAL, *adj.* Deas, deiseal, mu dheas, ri deas.

MERIDIONALITY, *s.* Deas-shuidheachadh, suidheachadh deiseal, deas-amharc.

MERIDIONALLY, *adv.* See Meridional.

MERIT, *s.* 1. Desert, excellence deserving honour or reward: toilltinneas, toillteanas, deadh-thoilltinneas. 2. reward deserved: duais-thoilltinneis. 3. claim, right: còir.

MERIT, *v. a.* Toill, coisinn, buannaich, bi airidh air.

MERITABLE, *adj.* Duais-thoilltinneach, deadh-thoilltinneach.

MERITORIOUS, *adj.* Duais-thoilltinneach, deadh-thoilltinneach, airidh air duais, cliùiteach.

MERITORIOUSLY, *adv.* See Meritorious.

MERITORIOUSNESS, *s.* Duais-thoilltinneachd, deadh-thoilltinneas, cliùiteachd.

MERITORY, *adj.* See Meritorious.

MERITOT, *s.* Siùdagan, cliuch-siùdagain.

MERLE, *s.* Lon-dubh.

MERLIN, *s.* Seòrsa seabhaig.

MERMAID, *s.* Maighdean-mhara, maighdean-chuain.

MERMAN, *s.* Bodach-mara, bodach-cuain.

MERRILY, *adv.* See Merry.

MERRIMAKE, *s.* Cuilm, cluich-chuilm, aighear, àbhachd, fearas-chuideachd.

MERRIMAKE, *v. n.* Dean cuilm, bi aighearach, bi ri àbhachd.

MERRIMENT, *s.* Aighear, subhachas, mire, beadradh, sùgradh, aiteas, suigeart, fonn.

MERRINESS, *s.* Aighearachd, subhaiche, cridhealachd, sunnd, suigeartachd.

MERRY, *adj.* 1. Pleasant, sweet, agreeable, delightful, charming: taitneach, aoibhin, ait. 2. prosperous, not foul: réidh. 3. laughing, loudly, cheerful, gay of heart: mear, mireagach, aighearach, cridheil, aoibhneach, subhach, beadarach, geanail, suigeartach, gàirdeachail. 3. causing laughter: gàireach, aighearach.

MERRY-ANDREW, *s.* Cleasaiche, baoth-chleasaiche.

MERRYTHOUGHT, *s.* Cnàimh-pòsaidh, cnaimh uchd eòin.

MERSION, *s.* Tumadh, bogadh, cur fuidhe, dol fuidhe.

MESEEMS, *impers. v.* Air leam, ar leam, their leam, saoileam.

MESENTERY, *s.* Lìon a' mhionaich.

MESH, *s.* Mogull.

MESH, *v. a.* Lìon, cuir an lìon, rib, glac an lìon

MESHY, *adv.* Mogullach, lìontaidh.

MESLIN, *s.* Coimeasgadh shìol, arbhar coimeasgta, sìol coimeasgta.

MESPRISE, *s.* Dìmeas, tàir, sgeig.

MESS, *s.* 1. A dish, a quantity of food sent to table together: mias. 2. the ordinary of military men: comaidh, biadh cuideachd, bòrd shaighdear.

MESS, *v. n.* 1. Eat, feed: ith, dean do bhiadh, gabh biadh. 2. contribute to the common expense of the table: dìol do chuid, rach an comaidh.

MESSAGE, *s.* Teachdaireachd, gnothuch, fios, turus, turus air ghnothuch.

MESSENGER, *s.* Teachdair, fear-gnothuich, gille ruith. A messenger at arms: earraid, maor.

MESSIAH, *s.* Mesiah, an Ti ungta, an Slànuighear.

MESSIEURS, *s.* A dhaoin' uaisle, fheara, a mhaighstirean.

MESSMATE, *s.* Companach bùird, fear-comaidh.

MESSUAGE, *s.* Aitreabh, làrach, ionad tighe.

MET, *pret* and *part.* of Meet, *v.* Choinnich, chomhlaich; coinnichte, còmhlaichte. See Meet, *v.*

METACHRONISM, *s.* Mearachd aimsir.

METAL, *s.* 1. Any of the metals: miotailt, meatailt. 2. See Mettle.

METALLIC, METALLICAL, *adj.* Miotailteach, meatailteach.

METALLIFEROUS, *adj.* Miotailteach.

METALLINE, *adj.* Miotailteach.

METALLIST, *s.* Fear-oibreachaidh mhiotailt, fear eòlach mu mhiotailtibh.

METALLOGRAPHY, *s.* Sgrìobhadh air miotailtean.

METALLURGIST, *s.* Fear-oibreachaidh mhiotailtean.

METALLURGY, *s.* Oibreachadh mhìotailtean.

METALMAN, *s.* Ceàrd umha, staoin-cheàrd.

METAMORPHOSE, *v. a.* Cruth-atharraich, cruth-chaochail, caochail riochd.

METAMORPHOSER, *s.* Fear-cruth-atharrachaidh.

METAMORPHOSIC, *adj.* Cruth-atharrachail.

METAMORPHOSIS, *s.* Cruth-atharrachadh, riochd-atharrachadh.

METAPHOR, *s.* Briathar samhlaidh, samhladh, riochd-bhriathar.

METAPHORIC, METAPHORICAL, *adj.* Samhlachail, riochd-bhriathrach.

METAPHORICALLY, *adv.* See Metaphorical.

METAPHORIST, *s.* Fear riochd-bhriathar, fear-shamhladh.

METAPHRASE, *s.* Eadar-theangachadh, mion-thionndadh cainnte.

METAPHRAST, *s.* Eadar-theangair.

METAPHRASTIC, *adj.* Eadar-theangach.

METAPHYSIC, METAPHYSICAL, *s.* Domhain, dìomhair, àrd-fhiosrach, a bhuineas do chùisibh na h-inntinn.

METAPHYSICIAN. *s.* Teallsanach, fear eòlais air nithibh dìomhair.

METAPHYSICS, *s.* Teallsanachd, eòlas air nithibh inntinneach.

METASTASIS, *s.* Tionndadh, atharrachadh.

METATARSAL, *adj.* Troidheach, a bhuineas do 'n troidh.

METATARSUS, *s.* Troidh, meadhon na troidhe.

METATHESIS, *s.* Caochladh, atharrachadh.
METE, *v. a.* Tomhais, thoir gu tomhas, cothromaich.
METEWAND, METEYARD, *s.* Slat-thomhais.
METEOR, *s.* Dreug, deatach neoil, tein-adhair.
METEOROLIST, *s.* Speuradair, fear-adhair-eòlais.
METEOROLOGY, *s.* Speuradaireachd, adhar-eòlas.
METEOROUS, *adj.* Dreugach, dreugail.
METER, *s.* Fear-tomhais.
METHEGLIN, *s.* Deoch-mheala, leann meala.
METHINKS, *impers. v.* Air leam, saoileam. See Meseems.
METHOD, *s.* Dòigh, seòl, rian, alt, modh, achd, rathad, òrdugh.
METHODIC, *adj.* See Methodical.
METHODICAL, *adj.* Dòigheil, rianail, òrdail, seòlta, riaghailteach.
METHODICALLY, *adv.* See Methodical.
METHODIST, *s.* 1. An observer of method: fear seòlta, fear-dòighe, fear riaghailt. 2. one of a certain religious sect: fear poncail an nithibh na diadhachd, fear-dealachaidh o eaglais Shasuinn.
METHODIZE, *v. a.* Cuir air dòigh, cuir an òrdugh, gleus.
METHOUGHT, *pret. v.* Methink. Air leam, shaoil mi.
METONYMICAL, *adj.* Samhlachail, an àite seadh eile.
METONYMICALLY, *adv.* See Metonymical.
METONYMY, *s.* Samhladh, modh samhlaidh.
METOPOSCOPIST, *s.* Gnùis-fhiosaiche.
METOPOSCOPY, *s.* Gnùis-fhiosachd.
METRE, *s.* Rannachd, rann-bhàrdachd.
METRICAL, *adj.* Rannach, rann-ŕéidh.
METRICIAN, METRIST, *s.* Fear-ŕann-bhàrdachd, fear-rannachd.
METROPOLIS, *s.* Àrd-bhaile, prìomh-bhaile, àrd-chathair na rìoghachd.
METROPOLITAN, *s.* Easbuig àird-bhaile, àrd-easbuig.
METROPOLITAN, *adj.* Prìomh-bhailteach.
METROPOLITE, *s.* See Metropolitan, *s.*
METTLE, *s.* 1. Spirit, sprightliness, courage: smior, smioralachd, misneachd, meanmnadh, duinealas, fearalas, cruadal. 2. substance: brìgh, stuth.
METTLED, METTLESOME, *adj.* Smiorail, misneachail, meanmnach, duineil, fearail, cruadalach.
METTLESOMELY, *adv.* See Mettled.
MEW, *s.* 1. A cage for hawks: lann sheabhag. 2. a cage, an inclosure, a place where any thing is confined: fang, lann, eunadan, àite-gleidhidh. 3. a sea-fowl: faoileag, faoighleann.
MEW, *v. a.* et *n.* 1. Shut up, confine, imprison inclose: druid, druid suas, prìosanaich. 2. shed the feathers: tilg na h-itean. 3. cry as a cat: dean sgiamhail, sgiamh, miamh. 4. change, put on a new appearance: caochail, caochail dreach.
MEWING, *s.* Tilgeadh nan itean.
MEWING, *s.* Miamhail, sgiamhail.
MEWL, *v. n.* Ràn, sgread, caoin mar ŕaoidhean.
MEWLER, *s.* Fear-sgreadail, fear-caoinidh, fear-ràn-aich.
MIASM, *s.* Toth, fàile neo-fhalain ghalaran.
MICA, *s.* Airgiod chaorach, airgiod ghabhar.
MICE, *pl.* of Mouse. Luchan, luchagan.
MICHAELMAS, Féill-mìcheil, féill-mhìcheil.
MICHE, *v. n.* 1. Pilfer: siolc, dean frith-ghoid. 2. be secret, or covered, lie hid, lurk out of sight: bi am folach, bi ceilte.
MICHER, *s.* 1. A thief, a pilferer: gaduiche, fear-siolcaidh, siolcair. 2. a lazy loiterer: lunndaire, seotaire. 3. one who skulks about in corners and by-places, a hedge-creeper: fear-folaich.
MICHERY, *s.* Siolcaireachd, frith-ghoid.
MICKLE, *adj.* Mòr, miaghail.
MICROCOSM, *s.* Saoghal beag, an duine.
MICROCOSMICAL, *adj.* Beag-shaoghalach.
MICROGRAPHY, *s.* Tuaireisgeul ńithe meanbha.
MICROSCOPE, *s.* Gloine-mheudachaidh.
MID, *adj.* Meadhonach, eadar-mheadhonach.
MID-AGE, *s.* Aois mheadhonach.
MID-COURSE, *s.* Meadhon-rathaid, leth-shlighe.
MID-DAY, *adj.* Meadhon-lathach, mu thrà ńeòin.
MID-DAY, *s.* Meadhon-là, meadhon-latha, trà ńeòin, neòin.
MIDDEN, MIDDING, *s.* Òtrach, dùnan.
MIDDLE, *adj.* Meadhonach, eadar-mheadhonach, teis-meadhonach.
MIDDLE, *s.* Meadhon, teis-meadhon, cridhe, buillsgean.
MIDDLE-AGED, *adj.* Meadhon-aosda, car-aosda.
MIDDLE-EARTH, *s.* Buillsgean-talmhainn, cridhe-talmhainn.
MIDDLE-WITTED, *adj.* Leth-thoinisgeach, leth-chiallach.
MIDDLEMOST, *adj.* Meadhonach, eadar-mheadhonach, teis-meadhonach.
MIDDLING, *adj.* 1. Of middle rank: meadhonach. 2. of moderate size: cuibheasach, cuimseach.
MIDDLINGLY, *adv.* See Middling.
MIDGE, *s.* Meanhh-chuileag.
MID-HEAVEN, *s.* Meadhon nan speur.
MIDLAND, *adj.* 1. Remote from the coast: meadhon-thireach, bràigheach. 2. surrounded by land: meadhon-thireach.
MIDLEG, *s.* Leth-calpa, leth-a' chalpa.
MIDLENT, *s.* Leth cairghis.
MIDMOST, *adj.* Meadhonach, teis-meadhonach.
MIDNIGHT, *s.* Meadhon-oidhche.
MIDRIFF, *s.* An sgaiŕt, fionn-staoig.
MIDSHIPMAN, *s.* Òg oifigeach luinge.
MIDST, *s.* Meadhon, teis-meadhon, buillsgean, cridhe.
MIDST, *adj.* See Middle, *adj.*
MIDST, *prep.* See Amidst.
MIDSTREAM, *s.* Buillsgean srutha, meadhon an t-sruth.
MIDSUMMER, *s.* Leth samhraidh, leth an t-samhraidh.
MIDWARD, *adj.* See Middle, *adj.*
MIDWAY, *s.* Leth na slighe, leth an rathaid.
MIDWAY, *adj.* Leth-shligheach, meadhonach.
MIDWAY, *adv.* 'S a' mheadhon.
MIDWIFE, *s.* Bean-ghlùine.
MIDWIFE, MIDWIVE, *v. a.* et *n.* 1. Assist in childbirth: asadaich, dean cuideachadh an leabashiùbhla. 2. produce: beir, thoir a mach. 3.

perform the office of a midwife: dean dreuchd mnà-glùine.

MIDWIFERY, *s.* Banas-glùine.

MIDWINTER, *s.* Leth-geamhraidh, leth a' gheamhraidh, dùbhlachd.

MIEN, *s.* Snuadh, dreach, aogas, sgèimh, tuar, gnùis, coslas, cruth, dealbh.

MIGHT, *pret. v.* May. Dh' fheudadh, dh' fhaodadh, dh' fheudtadh, dh' fhaodtadh.

MIGHT, *s.* Cumhachd, neart, treise, spionnadh, euchd. Might and main: uile ìneart.

MIGHTILY, *adv.* See Mighty.

MIGHTINESS, *s.* Mòrachd, mòr-chumhachd, spionnadh, àrd-bheachd, àrd-urram.

MIGHTY, *adj.* 1. Strong, valiant: neartmhor, euchdach, gaisgeil. 2. powerful, having great command: smachdail, uachdranach, ùghdarrach. 3. powerful by influence: smachdail, inbheach. 4. great in number: lìonmhor, cumhachdach, iomadh. 5. strong in corporeal, or intellectual power: làidir, foghainteach. 6. impetuous, violent: bras, dian. 7. vast, enormous, bulky: aibhseach, ro-mhòr, anabarrach. 8. excellent, of superior eminence: òirdheirc. 9. forcible, efficacious: éifeachdach, cumhachdach, treun. 10. expressing or implying power: neartmhor, làidir. 11. important, momentous: cudthromach, àraidh, sònruichte.

MIGHTY, *adv.* See Mighty, *adj.*

MIGNIARD, *adj.* See Miniard.

MIGRATE, *v. n.* Rach imrich, atharraich do chòmhnuidh, falbh.

MIGRATION, *s.* Imrich, dol imrich, triall as.

MIGRATORY, *adj.* A théid imrich, falbhanach, arrabanach.

MILCH, *adj.* Bainneach, bainnear.

MILD, *adj.* 1. Kind, tender, good, indulgent, merciful: bàigheil, iochdmhor, blàth, maitheasach, caoimhneil, tròcaireach. 2. soft, gentle, not violent: mìn, ciùin, sèimh, suairc, soitheamh. 3. not acrid, not corrosive: neo-gheur, maoth, milis, blasda.

MILDEW, *s.* Crith-reothadh, liath-reothadh, fuardhealt, mill-cheo.

MILDLY, *adv.* See Mild.

MILDNESS, *s.* 1. Gentleness, tenderness, mercy, clemency: bàigh, bàighealachd. 2. contrariety to acrimony: neo-gheurachd, neo-ghoirteachd, maothachd.

MILE, *s.* Mìle, seachd ceud deug is tri-fichead slat.

MILESTONE, *s.* Clach-mhìle.

MILFOIL, *s.* Eàrr-thalmhainn, cathair-thalmhainn.

MILIARY, *adj.* Caol, meanbh. Miliary fever: teasach ghrìseach.

MILITANCY, *s.* Cogadh, cathachadh, saighdearachd.

MILITANT, *adj.* Cogach, cathachail, saighdearach, mìlidheach.

MILITARILY, *adv.* See Military, *adj.*

MILITARY, *adj.* Saighdearach, saighdearail, còmhragach, cogail.

MILITARY, *s.* Feachd, saighdearachd, arm, feachd-tìre.

MILITATE, *v. n.* Cuir an aghaidh, bi an aghaidh, seas an aghaidh.

MILITIA, *s.* Saighdearachd-dùthcha, feachd-dùthcha, feachd-tìre.

MILK, *s.* 1. The liquor with which animals feed their young from the breast: bainne, bliochd. 2. emulsion made by contusion of seeds: sùbh-luidhean.

MILK, *v. a.* 1. Draw milk from the breast by the hand: bliogh, bleodhainn, leag bò. 2. suck: deoghail.

MILKEN, *adj.* Bainneach, bliochdach.

MILKER, *s.* Bean-bhleoghainn, banaireach, banachaig.

MILKINESS, *s.* Bainneachas, tlàths mar bhainne.

MILKLIVERED, *adj.* Gealtach, cladhaireach.

MILKMAID, *s.* Banaireach, banachaig.

MILKMAN, *s.* Fear-reic bainne.

MILKPAIL, *s.* Cuman, cuman bleoghainn, soitheach-bleodhainn.

MILKPAN, *s.* Miosar, miosar-bhainne.

MILKPOTTAGE, *s.* Brochan-bainne, lite-bhainne.

MILKSCORE, *s.* Cunntas-bainne, fiachan-bainne.

MILKSOP, *s.* Boganach, cailleach, cladhair, fear cailleachail.

MILKTOOTH, *s.* Ceud fhiaclan searraich.

MILKWHITE, *adj.* Geal, air dhath bainne, bàn-gheal.

MILKWOMAN, *s.* Bean bhainne.

MILKY, *adj.* 1. Made of milk, resembling milk: bainneach, bainnear, bliochdach. 2. soft, gentle, tender, timorous: maoth, mìn, ciùin, lag-mhiseachail.

MILKY-WAY, *s.* Slighe bhainneach, geal-shruth nan speur.

MILL, *s.* Muileann.

MILL, *v. a.* 1. Grind, comminate: meil, bleith, pronn. 2. stamp coin in the mints: cùinn, cùinnich.

MILL-COG, *s.* Coguis, cnag-fotha muilinn.

MILL-DAM, *s.* Linne-muilinn, eileach, eas-muilinn.

MILL-HORSE, *s.* Each muilinn.

MILL-TEETH, *s.* Cùlagan, fiaclan-cùil.

MILLENARY, *s.* Mìle bliadhna.

MILLENARY, *adj.* Mìlteach.

MILLENIUM, *s.* Mile bliadhna, an ùine mar a smuainichear le cuid, anns an riaghail ar Slànuighear fathast air talamh leis na naomhaibh.

MILLEPED, *s.* Còrr-chosag, sgliatair, miol-fhiodha.

MILLER, *s.* Muillear, muilnear, fear-muilinn.

MILLESIMAL, *adj.* Mìlteamh, mìleamh.

MILLINER, *s.* Gréis-bhean, bean-reic dheisean bhan.

MILLINERY, *s.* Gréiseachd, gréis bhan, grinneas bhan.

MILLION, *s.* Deich ceud mìle.

MILLIONTH, *adj.* An deicheamh ceud mile.

MILLSTONE, *s.* Cloch mhuilinn.

MILT, *s.* 1. The sperm of the male fish: mealg. 2. the spleen: an dubh-liath.

MILT, *v. a.* Cuir air chladh.

MILTER, *s.* Iasg firionn, iasg mealgach.

MIME, *s.* 1. A buffoon who practises gesticulations:

fear-aincheird, baoth-chleasaiche, sgeigire. 2. a ludicrous composition, a farce: cluich àbhachd.

MIME, *v. n.* Bi aincheardach, sgeig, mag, atharraisich.

MIMER, *s.* Sgeigire, fear-fanoid, baoth-chleasaiche.

MIMETICAL, *adj.* Fochaideach, fanoideach, sgeigeil.

MIMICAL, *adj.* Fochaideach, fanoideach, atharraiseach.

MIMICALLY, *adv.* See Mimical.

MIMICK, *s.* Fear-fanoid, fear-fochaid, fear-atharrais, baoth-chleasaiche.

MIMICK, *adj.* Fanoideach, fochaideach, atharraiseil, cleasanta.

MIMICK, *v. a.* Dean fochaid, dean fanoid, mag, dean atharrais.

MIMICKRY, *s.* Fochaid, fanoid, atharrais, sgeigireachd.

MIMOGRAPHER, *s.* Cluich-sgrìobhair.

MINACIOUS, *adj.* Bagarrach, bagrach, maoidheil.

MINACITY, *s.* Bagarrachd, bagairteachd.

MINATORY, *adj.* Bagarrach, bagairteach, maoidheach.

MINCE, *v. a.* et *n.* 1. Cut into very small parts: pronn, min-gheàrr, geàrr meanbh. 2. mention any thing scrupulously, by a little at a time: abair mion air mhion, mion-labhair. 3. speak with affected softness, clip the words: labhair tuilleadh 's eagnaidh, labhair gu sgeilmeil. 4. walk nicely with short steps: falbh le meanbh cheum, imich gu h-iollagach, no, gu mùirneach.

MINCINGLY, *adv.* Gu pronn, gu meanbh, gu neochoimhlionta.

MIND, *s.* 1. The intelligent power: inntinn, tuigse, ciall. 2. intellectual capacity: tuigse, tùir. 3. liking, choice, inclination: toil, déigh, togradh. 4. thoughts, sentiments: beachd, smuaintean, inntinn. 5. opinion: barail, beachd. 6. memory, remembrancy: cuimhne, meadhail, meadhar.

MIND, *v. a.* et *n.* 1. Mark, attend: thoir an aire, thoir fainear, beachdaich. 2. put in mind, remind: cuir an cuimhne, ath-chuimhnich do. 3. incline, be disposed: togair, biodh air d' aire.

MINDED, *adj.* Togarrach, toileach, deònach, inntinneach.

MINDFUL, *adj.* Aireil, toigheach, cuimhneach, faicilleach, cùramach.

MINDFULLY, *adv.* See Mindful.

MINDFULNESS, *s.* Toigheachd, toileachas, cuimhneachd, faicilleachd, cùramachd, aire.

MINDLESS, *adj.* 1. Inattentive, regardless: neo-aireil, neo-chùramach, neo-chuimhneach, neo-fhaicilleach. 2. not endued with a mind, having no intellectual powers: neo-thùireil, neo-inntinneach, neo-thuigseach. 3. stupid, unthinking: baoth, baoghalta, gòrach, neo-chuimhneach.

MIND-STRICKEN, *adj.* Buailt 's an inntinn.

MINE, *pron. poss.* Mo, *contr.* m'. Otherwise: leam, leamsa. That is mine: is *leamsa* sin. Whose is this? It is mine: co leis so? leamsa.

MINE, *s.* 1. A place or cavern in the earth that contains minerals: mèinn-àite, mèinn-shlochd, slochd-mhèinne. 2. a cavern dug under any fortification to make it sink for want of support: slochd, slochd-séisdidh.

MINE, *v. a.* 1. Sap, ruin by mines, destroy by slow degrees or secret means: cladhaich fuidhe, tochail, mill gun fhios, mill gu foluichte. 2. dig mines, or burrows, form any hollows under ground: cladhaich, treachail, tochail, dean cladhach.

MINER, *s.* 1. One that digs for metals: mèinneadair. 2. one who makes military mines: fear-cladhaich, fear-madaig.

MINERAL, *s.* Mèinn.

MINERAL, *adj.* Mèinneach.

MINERALIST, *s.* Mèinneadair.

MINERALOGIST, *s.* Mèinneadair, fear-teagaisg mu mhèinnibh.

MINERALOGY, *s.* Mèinn-theagasg, mèinn-eòlas, eòlas mhèinn.

MINGLE, *v. a.* et *n.* 1. Mix, join, compound: measgaich, coimisg, cuir an ceann a chéile. 2. contaminate, make of dissimilar parts: truaill. dubh-choimisg. 3. confuse: cuir troimh chéile. 4. be mixed, be united with: gabh measgachadh, bi measgaichte le.

MINGLE, *s.* Measgadh, measgachadh, coimeasgadh.

MINGLE-MANGLE, *s.* Treamsgal, ùtrais, breolamas.

MINGLER, *s.* Fear-measgachaidh, fear-coimeasgaidh.

MINIARD, *adj.* Bog, tais, maoth, mùirneach.

MINIARDIZE, *v. a.* Bogaich, dean tais, maothaich.

MINIATE, *v. a.* Deargaich, dean dearg.

MINIATURE, *s.* 1. Representation in a small compass, less than the reality: mion-dhealbh, meanbh-dhealbh. 2. red letter, rubrick distinction: dearg-chlòdh, litir dhearg, litir ruadh.

MINIKIN, *adj.* Beag, crìon, mion, meanbh.

MINIKIN, *s.* 1. A darling, a favourite: mùirnean, mùirneag. 2. a small sort of pins: prìne beag.

MINIM, *s.* 1. A small being, a dwarf: troich, arrach, luspardan, 2. See Minnow. 3. a little song or poem: luinneag, duanag. 4. a small sort of printing letter: meanbh chlòdh litir.

MINIMENT, *s.* Dearbhadh, còmhdach, teisteas.

MINIMUM, *s.* An ni a 's lugha, a' chuid a 's lugha.

MINIMUS, *s.* An creutair a 's lugha.

MINION, *s.* Peasan, beadagan millte, mùirnean, gràidhean.

MINION, *adj.* Mùirneach, grinn, grinneasach, greannar.

MINIONING, *s.* Mùirn, tlà-chaidreamh.

MINIONLIKE, } *adj.* Mùirneach, mùirneil, breagha,
MINIONLY, } beadaganach.

MINIOUS, *adj.* Dearg, air dhath dearg.

MINISH, *v. a.* See Diminish.

MINISTER, *s.* 1. An agent, one who is employed to any end: fear-dreuchd, fear-ionaid, seirbhiseach. 2. one who is employed in the administration of government: fear-riaghlaidh, fear-comhairle. 3. one who serves at the altar, one performing sacerdotal functions: ministeir. 4. a delegate, an official: fear-ionaid, fear-dreuchd. 5. an agent from a foreign power without the dignity of an ambassador: teachd air.

MINISTER, *v. a.* et *n.* 1. Attend, serve in any office: fritheil. 2. give medicines: thoir cung-

aidhean-leighis. 3. give, supply, afford: tabhair, thoir, builich, compàirtich. 4. give supplies of things needful: fritheil le, thoir seachad. 5. attend on the service of God: fritheil air.

MINISTERIAL, *adj.* 1. Attendant, acting at command: fritheilteach, fuidh ùghdarras. 2. sacerdotal: ministeireach, eaglaiseil, coisrigte. 3. pertaining to ministers of state: a bhuineas do luchd-comhairle.

MINISTERIALLY, *adv.* See Ministerial.

MINISTERY, *s.* See Ministry.

MINISTRAL, *adj.* Ministeireil.

MINISTRANT, *adj.* Fritheilteach, furachail air.

MINISTRATION, *s.* 1. Agency, intervention, office of an agent delegated: meadhon, meadhonachd, dreuchd-ionad. 2. service, office, ecclesiastical function: ministrealachd.

MINISTRESS, *s.* Bean-frithealaidh, bean-bhuileachaidh, ban-thabhairtear.

MINISTRY, *s.* 1. Office, service: dreuchd, seirbhis. 2. office of one set apart to preach: ministreileachd. 3. agency, interposition: meadhon, meadhonachd. 4. business: gnothuch. 5. persons employed in the public affairs of a state: luchd-riaghlaidh, luchd-comhairle.

MINIUM, *s.* Luaidhe dhearg.

MINNOCK, *s.* See Mimick.

MINNOW, *s.* Bioran deamhnaidh.

MINOR, *adj.* 1. Petty, inconsiderable: beag, suarach. 2. inferior: ìosal. 3. less, smaller: a 's lugha, a 's crìona.

MINOR, *s.* Neach fuidh làn aois, neach òg, fuidh bhliadhn' thar fhichead.

MINORATE, *v. a.* Lughdaich, beagaich, cuir an lughad.

MINORATION, *s.* Lughdachadh, beagachadh, cur an lughad.

MINORITY, *s.* 1. State of being under age: mion-aois, òg aois. 2. the state of being less: lughdachd. 3. the smaller number: a' chuid a 's lugha, an t-àireamh a 's lugha, a' bheag chuid.

MINOTAUR, *s.* Uile-bheist, leth-dhuine 's leth-tairbh.

MINSTER, *s.* Cill mhanach, tigh mhanach.

MINSTREL, *s.* Clàrsair, fear-ciùil, fear cruite.

MINSTRELSY, *s.* 1. Music, instrumental harmony: ceòl, cruitearachd, clàrsaireachd. 2. a number of musicians: luchd-ciùil, coisirchiùil.

MINT, *s.* Meannt, mionnt.

MINT, *s.* Tigh-cùinidh, ionad-cùinidh.

MINT, *v. a.* 1. Coin, stamp money: cùin, cùinich. 2. invent, forge: cùin, dealbh, feall-chùin.

MINTAGE, *s.* 1. That which is coined or stamped: cùineadh. 2. the duty paid for coining: cìs-chuinidh.

MINTER, *s.* 1. A coiner: fear-cùinidh, cùineadair. 2. an inventer: fear-dealbhaidh, fear-tionnsgnaidh.

MINTMAN, *s.* Fear-cùinnidh.

MINTMASTER, *s.* 1. One who presides in coinage: uachdaran-cùinnidh. 2. one who invents: fear-dealbhaidh, fear-tionnsgnaidh.

MINUM, *s.* See Minim.

MINUTE, *adj.* Meanbh, crìon, beag, mion, caol.

MINUTE, *s.* 1. The sixtieth part of an hour: mion aid, trì-ficheadamh earrann na h-uaire. 2. any small space of time: seal, sealan. 3. the first draught of any agreement in writing: cunntas, sgrìobhadh aithghearr.

MINUTE, *v. a.* Thoir sìos cunntas aithghearr, sgriobh cunntas aithghearr.

MINUTE-BOOK, *s.* Leabhar-ath-chuimhneachaidh, leabhar-ghnìomh.

MINUTE-HAND, *s.* Làmh nam mionaid.

MINUTE-WATCH, *s.* Uaireadair-mhionaid.

MINUTELY, *adv.* See Minute, *adj.*

MINUTELY, *adj.* Mionaideach.

MINUTELY, *adv.* Gu mionaideach.

MINUTENESS, *s.* Meanbhachd, crìne, bigead, mionachd.

MINUTIAE, *s.* Meanbh-phoncan.

MINX, *s.* Gaorsach, caile, caile bheag-narach, guaineag.

MINY, *adj.* Slochdach, slochd-mhèinneach.

MIRACLE, *s.* Mìorbhuil, ioghnadh.

MIRACULOUS, *adj.* Mìorbhuileach, iongantach.

MIRACULOUSLY, *adv.* See Miraculous.

MIRACULOUSNESS, *s.* Mìorbhuileachd, iongantachd.

MIRADORE, *s.* Bàrr, barrabhalla.

MIRE, *s.* Poll, salachar, eabar, clàbar, làthach, druaib, aolach.

MIRE, *v. a.* Salaich, eabraich, cuir salachar air, cuir poll air.

MIRE, *s.* Seangan, sneadhan.

MIRENESS, *s.* Salchar, eabarachd, clàbar, druaibeachd.

MIRK, MIRKSOME, *adj.* Dorch, duaichnidh, doilleir.

MIRKSOMENESS, *s.* Duirche, duaichnidheachd, doilleireachd.

MIRKY, *adj.* See Mirk.

MIRROR, *s.* Sgàthan, gloine-shamhlachaidh.

MIRTH, *s.* Mire, sùgradh, cridhealachd, subhachas, fonnmhorachd, aighear, aiteas, aoibhneas.

MIRTHFUL, *adj.* Mireach, sùgrachail, cridheil, subhach, fonnmhor, ait, aighearach, aoibhneach.

MIRTHFULLY, *adv.* See Mirthful.

MIRTHLESS, *adj.* Neo-shubhach, neo-aighearach, dubhach, neo-ait, trom, muladach.

MIRY, *adj.* Salach, clàbarach, eabarach, làthachail, druaibeach.

MIS, An inseparable particle used in composition, to mark an ill sense, or depravation of the meaning: (measa), mi, do, droch.

MISACCEPTATION, *s.* Mi-sheadh, droch-sheadh.

MISADVENTURE, *s.* Mi-shealbh, donas, droch-thuiteamas, tubaist, mi-àdh.

MISADVENTURED, *adj.* Mi-shealbhach, tubaisteach, donasach.

MISADVISED, *adj.* Mi-chomhairlichte, droch-comhairlichte.

MISAFFECT, *v. a.* Fuathaich.

MISAFFECTED, *adj.* Mì-run ach, droch-rùnach.

MIS-AFFIRM, *v. a.* Breugnaich, aithris gu mearachdach.

MISAIMED, *adj.* Mi-chuimsichte, mi-chuimseach.

MISALLEGATION, *s.* Mi-theisteas, mi-fhianuis.

MISANTHROPE, } *s.* Fear-fuathachaidh dhaoine,
MISANTHROPOS, } fuathadair dhaoine.
MISANTHROPIC, } *adj.* Fuathach air daoinibh.
MISANTHROPICAL, }
MISANTHROPIST, *s.* See Misanthrope.
MISANTHROPY, *s.* Fuath do 'n chinneadh dhaonna.
MISAPPLICATION, *s.* Mi-bhuileachadh, droch-bhuileachadh, mi-chàireadh.
MISAPPLY, *v. a.* Mi-bhuilich, droch-bhuilich, droch-càirich.
MISAPPREHEND, *v. a.* Mi-thuig, mi-bhreithnich.
MISAPPREHENSION, *s.* Mi-thuigsinn, mi-bhreithneachadh.
MISBECOME, *v. n.* Bi neo-chiatach, na d' thig do.
MISBECOMINGNESS, *s.* Neo-chiatachd, mi-thlachdmhorachd.
MISBEGOT, } *adj.* Mi-laghail, dìolain.
MISBEGOTTEN, }
MISBEHAVE, *v. n.* Rach mearachd, dean mi-bheus.
MISBEHAVED, *adj.* Mi-oileanta, mi-bheusach, droch-bheusach.
MISBEHAVIOUR, *s.* Droch-giùlan, mi-bheus, droch-chaithe-beatha.
MISBELIEF, *s.* Mi-chreidimh, mi-chreidsinn, saobh-chreidimh.
MISBELIEVE, *v. n.* Mi-chreid, bi mi-chreidmheach.
MISBELIEVER, *s.* Mi-chreidmheach.
MISBESEEM, *v. a.* See Misbecome.
MISBESTOW, *v. a.* Mi-bhuilich, mi-bhàraig.
MISBORN, *adj.* Mi-shealbhach, mi-àghmhor.
MISCALCULATE, *v. a.* Mi-chunnt, rach mearachd an cunntas.
MISCALCULATION, *s.* Mi-chunntadh, mi-àireamh.
MISCAL, *v. a.* Mi-ainmich, càin, thoir frith-ainm air.
MISCARRIAGE, *s.* 1. Ill conduct: mi-bheus, mi-ghiùlan. 2. abortion: aisead anabuich.
MISCARRY, *v. n.* 1. Fail, succeed not: rach mearachd. 2. have an abortion: beir anabuich.
MISCAST, *v. a.* Mi-chunnt, rach mearachd an cunntas.
MISCELLANEOUS, *adj.* Measgaichte, iomadail, coimeasgta, coimisgte.
MISCELLANEOUSNESS, *s.* Measgachd, coimisgeadh, iomadalachd.
MISCELLANY, *s.* Measgadh, measgachd, coimeasgadh, coimeasgachd.
MISCENTRE, *v. a.* Mi-shuidhich, mi-shocraich.
MISCHANCE, *s.* See Misadventure.
MISCHIEF, *s.* Aimhleas, cron, lochd, do-bheart, donas, dìobhal, urchoid.
MISCHIEF, *v. a.* Dean aimhleas do, dean cron do, ciùrr, mill, dochannaich.
MISCHIEFMAKER, *s.* Ceann-aimhleis, cean-dò-bheirt, fear-dìobhail.
MISCHIEFMAKING, *adj.* Aimhleasach, cronail, lochdach, dò-bheartach.
MISCHIEVOUS, *adj.* Aimhleasach, lochdach, aingidh, dò-bheartach, cronail.
MISCHIEVOUSLY, *adv.* Lee Mischievous.
MISCHIEVOUSNESS, *s.* Aimhleasachd, lochdachd, cronalachd, aingidheachd.

MISCIBLE, *adj.* So-mheasgaidh, so-choimheasgaidh.
MISCITATION, *s.* Mi-aithris, feall-aithris, aithris mhearachdach.
MISCITE, *v. a.* Mi-aithris, aithris gu mearachdach.
MISCLAIM, *s.* Mi-thagradh, tagradh gun chòir.
MISCOMPUTATION, *s.* Mi-chunntas, cunntas mearachdach.
MISCONCEIVE, *v. a.* et *n.* See Misapprehend.
MISCONCEIT, } *s.* Mi-bharail, barail mhearachd-
MISCONCEPTION, } ach, mi-bheachd.
MISCONDUCT, *s.* See Misbehaviour.
MISCONDUCT, *v. a.* Mi-stiùir, mi-riaghail, mi-sheòl, mi-threòraich.
MISCONJECTURE, *s.* Mi-bharail, mi-bheachd, beachd mhearachdach.
MISCONSTRUCTION, *s.* Mi-mhìneachadh, mi-sheadh, droch mhìneachadh.
MISCONSTRUE, *v. a.* Mi-mhìnich, mi-thuig, tuig gu mearachdach.
MISCONSTRUER, *s.* Fear-mi-mhìneachaidh.
MISCONTINUANCE, *s.* Mi-chunbhalachd, mi-sheasmhachd, bacadh stad.
MISCOUNSEL, *v. a.* Mi-chomhairlich, thoir droch comhairle do.
MISCOUNT, *v. a.* et *n.* Mi-chunnt, mi-àireamh, rach mearachd an cunntas.
MISCREANCE, } *s.* Mi-chreidimh, saobh-chreidimh.
MISCREANCY, }
MISCREANT, *s.* 1. One who holds a false faith: mi-chreidmheach, saobh-chreidmheach. 2. a vile wretch: ann-spiorad, droch-dhuine, deamhan.
MISCREATE, *v. a.* Mi-dheilbh, mi-chruthaich, mi-riochdaich.
MISDATE, *v. a.* Cuir àm mearachdach ri, sgrìobh àm mearachdach.
MISDEED, *s.* Droch-ghnìomh, do-bheart, mi-ghnìomh, droch-bheart.
MISDEEM, *v. a.* Thoir mi-bhreith air, mi-bhreithnich.
MISDEMEAN, *v. a.* See Misbehave.
MISDEMEANOUR, *s.* Mearachd, droch-ghnìomh, mi-ghnìomh, coire, mi-mhodh.
MISDESERT, *s.* Mi-thoilltinneas, droch-thoilltinneas.
MISDEVOTION, *s.* Mi-chràbhadh, saobh-chràbhadh.
MISDIRECT, *v. a.* Mi-sheòl, mi-threòraich, mi-stiùir.
MISDISTINGUISH, *v. a.* Mi-thuig, mi-bhreithnich, mi-roinn.
MISDISPOSITION, *s.* Mi-mhèinn, droch-mhèinn, aingidheachd.
MISDO, *v. a.* et *n.* Mi-dhèan, dean cron, dean cron do, dean coire.
MISDOER, *s.* Mi-dhèanadair, coireach, ciontach, fear-aimhleis, fear cronail.
MISDOING, *s.* Coire, cron, lochd, cìont, mi-ghnìomhachadh.
MISDOUBT, *v. a.* See Suspect.
MISDOUBT, *s.* Amharus, teagamh, agadh.
MISDOUBTFUL, *adj.* Agail, amharusach, teagamhach.
MISDREAD, *s.* Eagal, eagal uilc.
MISEMPLOY, *v. a.* Mi-bhuilich, cuir gu droch bhuil, mi-ghnàthaich.

MISEMPLOYMENT, *s.* Mi-bhuileachadh, mi-ghnàthachadh.

MISER, *s.* 1. A wretched person: truaghan, duine truagh. 2. A wretch, a mean fellow: spìocair, miodhoir, fear spìocach. 3. a wretch covetous to extremity: spìocaire, fear mìodhoir, fear sanntach.

MISERABLE, *adj.* 1. Unhappy, calamitous, wretched: truagh, neo-shona, ainnis, àmhgharach, dòruinneach. 2. wretched, worthless: dìblidh, suarach, tàir. 3. culpably parsimonious, stingy: gortach, gann, mìodhoir, cruaidh, spìocach.

MISERABLENESS, *s.* Truaighe, neo-shonas, ainniseachd, àmhgharachd, dòghruinneach, dìblidheachd, tàirealachd, gortachd, gainne, spìocaireachd. See Miserable.

MISERABLY, *adv.* See Miserable.

MISERY, *s.* 1. Wretchedness, unhappiness: truaighe, bochduinn, àmhghar, dòghruinn. 2. calamity, misfortune, cause of misery: truaighe, àmhghar, mishealbh, mi-shonas, aimhleas.

MISESTEEM, *s.* Dìmeas, tàir, cur suarach.

MISFACE, *s.* See Misfortune.

MISFASHION, *v. a.* Mi-dhealbhaich, cuir droch cruth air, cuir an droch ṙiochd.

MISFORM, *v. a.* See Misfashion.

MISFORTUNE, *s.* Mi-àdh, mi-shealbh, cruaidh-chàs, tubaist.

Outward, *adj.* 1. Materially external: air an taobh muigh, 's an taobh muigh. 2. external, visible: faicsinneach. 3. extrinsic, adventitious: o 'n taobh muigh, an taobh muigh do. 4. foreign: eil-thireach. 5. (in theology), carnal, corporeal: faicsinneach, aimsireil, corporra.
Outward, *s.* Cruth, riochd, dealbh.
Outward, *adv.* 1. To foreign parts: gu tìr choigrich. 2. to the outer parts: gu h-iomall, gu h-iomallaibh.
Outwardly, *adv.* A muigh, o 'n leth muigh, am leth mach.
Outwards, *adv.* See Outward, *adv.* 2.
Outweed, *v. a.* Gart-ghlan.
Outwit, *v. a.* Meall, thoir an car á.
Outwork, *s.* Obair-daingnich, am balla muigh.
Outworn, *part.* Caithte as, caithte air falbh, claoidhte.
Outwrest, *v. a.* Thoir a mach le neart.
Outwrought, *part.* Sàruichte, claoidhte.
Owe, *v. a.* et *n.* 1. Be indebted: bi am fiachaibh do. 2. be obliged for: bi an comain, bi an comain air son. 3. the consequence of a cause: tarruing o, faigh o. 4. possess: sealbhaich, buin do, biodh agad. 5. be obliged: bi fuidh fhiachaibh do. 6. I owe you nothing: cha 'n 'eil dad agad orm: 7. I owe you nothing (of obligation): cha 'n 'eil mi bonn 'n ad chomain.
Owing, *part.* 1. Consequential: o, ag éiridh o. 2. due as a debt: ann am fiachaibh, dligheach do. 3. imputable to as an agent: coireach, ag éiridh.
Owl, Owlet, *s.* Cumhachag, coilleach-oidhche.
Owl-light, *s.* Camhanach, fàire, briseadh na fàire.
Owler, *s.* Fear-bathar mi-cheadaichte, no, mi-laghail.
Own, *s.* Féin, fhéin. Every nation made gods of their own: rinn gach cinneach dée dhoibh *féin*.
Own, *v. a.* 1. Acknowledge: gabh ri, gabh le. 2. possess, claim: sealbhaich. 3. avow: aidich ri, aidich le. 4. confess, deny not: aidich.
Owner, *s.* Sealbhadair, fear-seilbhe.
Ownership, *s.* Sealbh, seilbh, maoin, cuid, còir.
Ox, *s.* Damh, àgadh.
Oxlike, *adj.* Damhail, damhach.
Oxeye, *s.* Dithean mòr.
Oxeyed, *adj.* Damh-shuileach.

OXFLY, *s.* Creithleag, cuileag mhòr.
OXSLIP, *s.* See Cowslip.
OXSTALL, *s.* Prasach dhamh.
OXTONGUE, *s.* Bog lus.
OYES, *interj.* Éisdibh, thugaibh aire.

OYSTER, *s.* Eisir.
OYSTERWENCH, OYSTERWIFE, OYSTERWOMAN, *s.* Bean-eisirean.

PAC

PABULAR, *adj.* Ionaltrach, biadhar, feurach.
PABULATION, *s.* Ionaltradh, biadh-sholar.
PABULOUS, *adj.* Biadhar, biadhach, beòlaindeach.
PABULUM, *s.* Biadh, lòn, teachd-an-tìr.
PACATION, *s.* Sìtheachadh, cìosnachadh.
PACE, *s.* 1. A step: ceum, sìndeag. 2. gait: ceum. 3. degree of celerity: imeachd, gluasad, luathas. 4. of business: ceum. 5. a measure: tomhas chùig troidhean. 6. by which horses are taught: fal-cheum, ceum marcachd.
PACE, *v. a.* et *n.* Walk: Céimnich, gluais. 2. measure: tomhais le sìndeagaibh, sìndeagaich. 3. regulate in motion: treòraich, seòl, stiùir.
PACED, *adj.* 1. Having a particular gait: ceum-ghluasadach. 2. See Thorough-paced.
PACER, *s.* 1. One that paces: ceumnaiche, fear-céimneachaidh. 2. a horse: falaire.
PACIFIC, PACIFICAL, *adj.* Sìothchail, ciùin, sìth-dhèanadach, sìtheachail, sèimh.
PACIFICATION, *s.* Sìth-dheanamh, ciùineachadh, sìtheachadh.
PACIFICATOR, *s.* Fear-dèanaimh na sìthe, sìtheadair.
PACIFICATORY, *adj.* Sìtheachail, sìth-dhèanadach.
PACIFIER, *s.* Sìtheadair, fear-ciùineachaidh, fear-réiteachaidh.
PACIFY, *v. a.* Sìthich, ciùinich, cìosnaich, socraich, réitich.
PACK, *s.* 1. For carriage: eallach, cuallach, uallach, trusachan, ceanglachan. 2. a burden: eallach, sac, luchd. 3. of hounds: lodhainn, faghaid. 4. of people in any bad design: droch comunn, comunn uilc, gràisg. 5. any great number: eallach, cudthrom, iomadachd. 6. a loose or lewd person: gàrlach, béisd.
PACK, *v. a.* et *n.* 1. For carriage: trus, ceangail suas, paisg. 2. send in a hurry: trus, trus air falbh. 3. unite packed persons in some bad design: cuir an droch comhairle, cruinnich luchd-uilc.
PACKCLOTH, *s.* Aodach, trusaidh, truis-bhrat.
PACKER, *s.* Fear trusaidh, fear pasgaidh, fear-ceangail.

PAG

PACKET, *s.* 1. A small pack: ceanglachan, sac, sacan. 2. of letters: balg-litrichean, màileid-litrichean. 3. the post ship: pacaid, long litrichean.
PACKET, *v. a.* Trus, truis, ceangail suas, paisg, ceangail.
PACKHORSE, *s.* Each eallaich, each bathair.
PACKING, *s.* Cuilbheart, foill, ceilg, car.
PACKSADDLE, *s.* Srathair.
PACKTHREAD, *s.* Sgéinnidh.
PACT, PACTION, *s.* Cùmhnant, cumha, réite.
PACTIONAL, *adj.* Cùmhnantach, réiteachail.
PAD, *s.* 1. A foot path: rathad, rathad mòr, céim coise, casan. 2. an easy-paced horse: falaire, gearran. 3. a robber: fear-reubainn, reubair, reubair rathaid. 4. a low saddle: pilleag, pillean, sumag.
PAD, *v. n.* 1. Travel gently: fal-chéimnich. 2. rob: dean reubainn rathaid. 3. beat a way smooth and level: dean réidh-cheum.
PADAR, *s.* Garbhan, garbhan cruithneachd.
PADDLE, *v. a.* et *n.* 1. Feel, toy with: meachranaich, laimhsich. 2. row, beat water as with oars: imir, iomair. 2. play in the water: luinnirich, luidrich.
PADDLE, *s.* 1. An oar: ràmh. 2. any thing broad like the end of an oar: pleadhag.
PADDLER, *s.* Ràmhaiche, fear-luidreachaidh.
PADDOCK, *s.* See Toad.
PADDOCK, *s.* Pàirc fhiadh, lann fhiadh, no, bheathaichean eile.
PADLOCK, *s.* Glas-chrochaidh.
PADNAG, *s.* Fàlaire.
PAEAN, *s.* Dàn-buadha, òran-caithreim.
PAGAN, *s.* Ana-crìosduidh, pàganach, ana-creidmheach.
PAGAN, PAGANISH, *adj.* Ana-crìosduidh, pàganach.
PAGANISM, *s.* Ana-crìosduidheachd, pàganachd.
PAGE, *s.* 1. Of the leaf: taobh duilleig leabhair. 2. a boy-child: leanabh-gille. 3. a boy servant: gille-coise, gille-frithealaidh.

PAGEANT, *s.* Greadhnachas, sealladh greadhnach, breaghachd.
PAGEANT, *adj.* Greadhnach, faicheil, mòralach.
PAGEANTRY, *s.* Greadhnachd, faichealachd, mòralachd.
PAIL, *s.* Cuinneag, cuman, miodar, soitheach bainne.
PAIN, *s.* 1. Punishment denounced: peanas, péin, pian. 2. penalty: peanas, dioghaltas. 3. sensation of uneasiness: goirteas, cràdh, pian, goimh, guin. 4. *pl.* labour, toil: saothar, obair. 5. of mind: iomagain, cùram, eagal. 6. *pl.* of childbirth: saothair-chloinne.
PAIN, *v. a.* Cràidh, pian, goirtich, ciùrr, claoidh.
PAINFUL, *adj.* 1. Miserable, beset with affliction: cràiteach, piantach, àmhgharach. 3. difficult: doirbh, deacair, draghail. 4. industrious: saothrachal, dìchiollach.
PAINFULLY, *adv.* See Painful.
PAINFULNESS, *s.* 1. Affliction: cràdh, àmhghar, pian. 2. industry: saothair, dìchioll, oidheirpeachd.
PAINLESS, *adj.* Neo-chràiteach, neo-phiantach, fallain, slàn.
PAINSTAKER, *s.* Saothraiche, fear-saothrachaidh.
PAINSTAKING, *adj.* Saothrachail, dìchiollach, dèanadach.
PAINT, *v. a.* 1. Represent by delineation: dreach, dealbh, tarruing. 2. cover with colours: dath, cuir dreach air. 3. represent: dealbh, tarruing. 4. colour, diversify: dath, cuir lì air.
PAINT, *s.* Dath, lì, dreach-dhath, neul, tuar.
PAINTER, *s.* 1. An artist: dealbhadair, fear-dreachaidh. 2. a naval term: ball.
PAINTING, *s.* 1. Delineation: dealbh-tharruing, dreachadh. 2. picture: dealbh. 3. colours laid on: dath, lì.
PAIR, *s.* 1. Suiting one another: càraid. 2. a man and wife: lànan. 3. a couple, a brace: càraid, dithis.
PAIR, *v. a.* et *n.* 1. Join in couples: càraidich, ceangail 'n an càraidibh. 2. as male and female: càraidich, rach cuideachd. 3. suit: freagair.
PALACE, *s.* Lùchairt, tigh rìoghail, mùr.
PALATABLE, *adj.* Blasda, taitneach, milis.
PALATE, *s.* 1. The instrument of taste: càirean. 2. mental relish: blas, càil.
PALATE, *v. a.* Blais.
PALATINE, *adj.* Rìoghail.
PALATIVE, *adj.* Blasda, milis.
PALAVER, *s.* Bòilich, goileam.
PALE, *adj.* Bàn, glaisneulach, glasdaidh, glas, uaine, neo-shoilleir.
PALE, *v. a.* Dean bàn, dean glaisneulach, dean glas, neulaich.
PALE, *s.* 1. Of wood: staing, cliath-mhaide, post. 2. any inclosure: lann, buaile. 3. a district: ceàrn, dùthaich. 4. a perpendicular stripe: stiall dhìreach.
PALE, *v. a.* Iom-dhruid, iom-dhùin, dùin a stigh.
PALE-EYED, *adj.* Glas-shuileach.
PALEFACED, *adj.* Glaisneulach, bàn-chruthach, glasghnùiseach.
PALEHEARTED, *adj.* Lag-chridheach, lag-mhisneach ail.
PALELY, *adv.* See Pale, *adj.*
PALENESS, *s.* Glaisneulachd, bànachd, glasdaidheachd, uaineachd.
PALEOUS, *adj.* Cochullach, fathrusgach.
PALFREY, *adj.* Each eutrom, each marcachd baintighearna.
PALINDROME, *s.* Focal a ghabhas leughadh co-ionannach air ais 's air adhairt, mar an t-ainm, *Glenelg.*
PALING, *s.* Callaid, dìon, dùnadh.
PALISADE, } *s.* Callaid, barran iom-dhruididh.
PALISADO, }
PALISADE, *v. a.* Druid le callaid, cuir callaid mu.
PALISH, *adj.* Glasdaidh, bànaidh.
PALL, *s.* Falluinn, brat mairbh, falluinn àird easbuig.
PALL, *v. a.* Falluinnich, cuir falluinn air.
PALL, *v. a.* et *n.* 1. Become insipid: fàs mi-bhlasda, dean mi-bhlasda. 2. dispirit: lagaich, mi-mhisnich. 3. cloy: sàsaich. 4. weaken: anfhannaich, claoidh. 5. become spiritless: fàs lag, fàs anmhunn.
PALLADIUM, *s.* Dìdean, dìon, neart-dìona.
PALLET, *s.* Seid, leabaidh ìosal.
PALLIAMENT, *s.* Falluinn, éididh, brat.
PALLIARD, *s.* Fear shiùrsach, fear strìopach.
PALLIATE, *v. a.* 1. Clothe, cover: falluinnich, còmhdaich. 2. cover with excuse: gabh leisgeul, thoir leisgeul, lughdaich coire, no, cionta. 2. cure imperfectly: lasaich, thoir lasachadh do.
PALLIATION, *s.* 1. Extenuation: leisgeulachadh, eutromachadh, lughdachadh coire, no, cionta, leisgeul. 2. imperfect or temporary cure: eutromachadh, lasachadh, fuasgladh.
PALLIATIVE, *adj.* 1. Extenuating: leisgeulach, lughdachail. 2. mitigating: lasachail, fuasglach.
PALLIATIVE, *s.* Leisgeul, lughdachadh, lasachadh.
PALLID, *adj.* Bàn, glaisneulach, neulach.
PALLIDLY, *adv.* See Pallid.
PALLIDNESS, *s.* Bànachd, glaisneulachd, neulachd.
PALM, *s.* 1. A tree: craobh phailm. 2. triumph: buaidh. 3. the inner part of the hand: bois, deàrn, bas. 4. a measure: tomhas trì òirlich.
PALM, *v. a.* 1. Conceal in the palm of the hand: folaich 's a' bhas. 2. impose by fraud: meall, cuir mealladh air. 3. handle: laimhsich. 4. stroke with the hand: criataich, slìob.
PALMARY, *adj.* Prìomh, àraid, àrd.
PALMATED, *adj.* Leathan, sgaoilteach, farsuing.
PALMERWORM, *s.* Brutag.
PALMIPEDE, *adj.* Dlùth-spàgach.
PALMISTER, *s.* Bas-fhiosaiche, fear-deàrnadaireachd.
PALMISTRY, *s.* Deàrnadarachd.
PALMY, *adj.* 1. Bearing palms: pailmeach. 2. victorious: àdhmhor, buadhach.
PALPABILITY, *s.* Soilleireachd, so-léirsinneachd, so-bheanailteachd.
PALPABLE, *adj.* 1. By the touch: so-bheanailteach, so-làimhsichte. 2. gross, coarse: folluiseach, garbh, do-cheiltinn. 3. plain: soilleir, so-léirsinn.
PALPABLENESS, *s.* See Palpability.

PALPABLY, *adv.* See Palpable.
PALPATION, *s.* Mothachadh, faireachadh.
PALPITATE, *v. n.* Plosg, buail.
PALPITATION, *s.* Plosgadh, bualadh, bualadh-cridhe, plosgartaich.
PALSICAL, PALSIED, *adj.* Pairiliseach, fuidh chrith-thinneas.
PALSY, *s.* Pairilis, crith-thinneas.
PALTRINESS, *s.* Suarachd, suarachas, mìodhoireachd, mosaiche.
PALTRY, *adj.* Suarach, mìodhoir, mosach, dìblidh.
PALY, *adj.* See Palish.
PAM, *s.* Am Balach.
PAMPER, *v. a.* Sàthaich, sàsaich, mill le àilghios, no, anabarr.
PAMPERED, *adj.* Sàthaichte, sàsaichte, millte le anabarr, no, le àilghios.
PAMPHLET, *s.* Leabhrachan, duilleachan.
PAN, *s.* Aghann. Of the knee: falman.
PAN, *v. a.* Alp, dùin ri chéile.
PANACEA, *s.* Uil-ic.
PANADO, *s.* Aran bruichte an uisge.
PANCAKE, *s.* Loireag, foileag.
PANCRATIC, PANCRATICAL, *adj.* Gleus-ealanta, uil-euchdach.
PANCREAS, *s.* Brisgean milis.
PANDEMIC, *adj.* Dùthchasach, coitchionn.
PANDER, *s.* See Pimp, *s.*
PANDER, *v. a.* et *n.* See Pimp, *v.*
PANDICULATION, *s.* Iomairt fiabhruis.
PANE, *s.* Ceàrnag ghloine, mìr.
PANED, *adj.* Ceàrnagach.
PANEGYRIC, *s.* Moladh, dàn molaidh, cliùthachadh.
PANEGYRIC, PANEGYRICAL, *adj.* Moltachail, cliù-thabhairt-each.
PANEGYRIST, *s.* Fear-molaidh, bàrd-molaidh.
PANEGYRIZE, *v. a.* Mol, cliùthaich.
PANEL, *s.* 1. A square inserted: ceàrnag. 2. a schedule: ainm-chlàr luchd-breith.
PANG, *s.* Guin, goimh, cràdh, pian, ciùrradh, iodha.
PANG, *v. a.* Gon, cràidh, pian,
PANIC, *s.* Clisgeadh, maoidhm, grad-eagal.
PANIC, PANICAL, *adj.* Clisgeach, grad-eagalach.
PANNAGE, *s.* Biadh mhuc.
PANNEL, *s.* Srathair, no, plàt eich.
PANNEL, *s.* Goile seabhaig.
PANNIER, *s.* Cliabh, sgùlan, mùrlag, curran.
PANOPLY, *s.* Làn-armachd.
PANT, *v. n.* 1. See Palpitate. 2. long, wish earnestly for: miannaich, bi an ro-gheall air.
PANT, *s.* Plosgadh, àinich.
PANTALOON, *s.* Triubhas.
PANTHEON, *s.* Teampull nan uile dhia bréige.
PANTOMIME, *s.* Cleasaiche, baoth-chleasaiche, baoth-chleasachd.
PANTOMIME, *adj.* Cleasachail, baoth-chleasach.
PANTRY, *s.* Biadh-lann, seòmar-bidh.
PAP, *s.* 1. The dug sucked: sine, ceann-cìche. 2. food for infants: bìadh leanaibh. 3. of fruit: glaodhan.
PAPA, *s.* Athair, focal na cloinne, taididh, daididh.
PAPACY, *s.* Pàpachd, pàpanachd.
PAPAL, *adj.* Pàpanach.
PAPER, *s.* Pàipeir.
PAPER, *adj.* Pàipeireach, tana.
PAPER, *v. a.* 1. Register: sgrìobh, cuir sìos. 2. pack in paper: paisg am paipeir. 3. furnish a room with paper hangings: pàipeirich.
PAPERFACED, *adj.* Glaisneulach, glas-shnuadhach.
PAPERMILL, *s.* Muileann pàipeir.
PAPERMONEY, *s.* Airgiod pàipeir.
PAPESS, *s.* Ban-phàpa.
PAPILLARY, PAPILLOUS, *adj.* Còsanach.
PAPIST, *s.* Pàpanach.
PAPISTIC, PAPISTICAL, *adj.* Pàpanach.
PAPISTRY, *s.* Pàpanachd.
PAPPOUS, *adj.* Clòimheach, giobach.
PAPPY, *adj.* Bog, sùghmhor, brìoghmhor.
PAR, *s.* Ionannachd, co-ionannachd.
PARABLE, *s.* Samhladh, samhlachd, co-samhlachd.
PARABOLIC, PARABOLICAL, *adj.* Samhlachail, co-shamhlachail.
PARABOLICALLY, *adv.* See Parabolic.
PARACLETE, *s.* Fear-tagraidh, an Comhfhurtair.
PARADE, *s.* 1. Shew: mòr-chuis, uaill, uabhar. 2. procession: buidheann-ghreadhnachais, buidheann rìomhach. 3. military order: feachd-riaghailt, riaghailt-cogaidh. 4. where troops draw up: faiche, réidhlean airm. 5. posture of defence: dìon.
PARADISE, *s.* Pàras, flaitheanas, nèamh.
PARADOX, *s.* Baoth-fhocal, dubh-fhocal, barail gun choslas.
PARADOXICAL, *adj.* Baoth-bharaileach, baoth-cheannach.
PARAGON, *s.* 1. A model: eisimpleir choimhlionta, ni, no, neach, ro-òirdheirc. 2. companion, fellow: còmhlan. 3. emulation: strì, comh-eud. 4. a match: deuchainn, dùbhlan.
PARAGON, *v. a.* Samhlaich, co-shamhlaich, dean co-ionann, thig suas ri.
PARAGRAPH, *s.* Earrann, earrann air leth, ceann.
PARALLEL, *adj.* 1. In the same direction: co-shìnte, caspanach, co-shìnteach. 2. equal: ionann, co-ionann.
PARALLEL, *s.* 1. A line: sgrìob dhìreach, ni co-shìnteach. 2. likeness: ionannachd, co-ionannachd, co-shamhlachd, 3. comparison made: coimeas. 4. any thing resembling another: samhladh, leth-bhreac.
PARALLEL, *v. a.* 1. Place, or keep in the same direction: co-shìn, cuir an co-shìneadh, cum an co-shìneadh. 2. correspond to: co-fhreagair do. 3. compare: coimeas, samhlaich.
PARALLELISM, *s.* 1. State of being parallel: co-shìnteachd, co-luidhe. 2. resemblance, comparison: coimeas, samhladh.
PARALYSIS, *s.* Pairilis.
PARALYTIC, *adj.* See Palsied.
PARAMOUNT, *adj.* Uachdranach, a 's cudthromaiche.
PARAMOUNT, *s.* Uachdaran, àrd-uachdaran.

PARAMOUR, *s.* Suiridheach, leannan, ban-suiridheach.
PARAPET, *s.* Obair-uchd, uchd-bhalla.
PARAPHERNALIA, *s.* Cuid mnà, maoin mnà.
PARAPHRASE, *s.* Mìneachadh, eadar-mhìneachadh, mìneachadh aithghearr.
PARAPHRASE, *v. a.* Mìnich gu h-aithghearr, eadar-mhìnich.
PARAPHRAST, *s.* Fear eadar-mhìneachaidh.
PARASITE, *s.* Bleideir, sgimilear, fear-miodail, fear-sodail, sodalan bùird, sodalaiche.
PARASITIC, PARASITICAL, *adj.* Sodalach, sodaltach, miodalach, brosgulach, sgimilearach, sodalanach.
PARASITICALLY, *adv.* See Parasitical.
PARASOL, *s.* Sgàilean cinn, grian-sgàilean.
PARBOIL, *v. a.* Leth-bhruith, slaop.
PARCEL, *s.* 1. A small bundle: trusachan, aslachan, ceanglachan. 2. a part of the whole: roinn, earrann. 3. a quantity: tom, tomad, tomult. 4. a number of persons, in contempt: gràisg. 5. any number or quantity in contempt: dùn, tomad.
PARCEL, *v. a.* Roinn, dean 'n a earrannaibh.
PARCH, *v. a.* et *n.* Tiormaich le teas, cruadhaich, dèasg.
PARCHEDNESS, *s.* Tiormachd, cruadhachd, deàsgachd.
PARCHMENT, *s.* Craicionn sgrìobhaidh.
PARD, PARDALE, *s.* See Leopard.
PARDON, *v. a.* Maith, logh, thoir maitheanas do.
PARDON, *s.* Maitheanas, loghadh, litir-mhaitheanais.
PARDONABLE, *adj.* So-leisgeulach, so-mhaithidh, so-loghaidh.
PARDONABLENESS, *s.* So-leisgeulachd, so-mhaithteachd.
PARDONABLY, *adv.* See Pardonable.
PARDONER, *s.* Fear-maithidh, fear-loghaidh, fear-maitheanais.
PARE, *v. a.* Geàrr dheth, rùisg, sgrathaich, lom, bearr, sgrìob dheth.
PARENT, *s.* Gintear, athair, no, màthair.
PARENTAGE, *s.* Breith, gineal, sinnsireachd.
PARENTAL, *adj.* Athaireil, no, màthaireil.
PARENTLESS, *adj.* Dilleachdanach.
PARER, *s.* Inneal-bearraidh, sgathaidh, lomaidh, no, sgrìobaidh.
PARGET, *s.* Aol-phlàsd, aol plàsta.
PARIETAL, *adj.* Ballach, ballail, a bhuineas do bhalla.
PARING, *s.* Rùsg, sgrath, sliseag, fath-rusg.
PARISH, *s.* Sgìreachd.
PARISH, *adj.* Sgìreachdail.
PARISHIONER, *s.* Fear-sgìreachd. Parishioners: luchd-sgìreachd.
PARITOR, *s*, Maor.
PARITY, *s.* Ionannachd, co-ionannachd, co-shamhlachd, coimeasachd.
PARK, *s.* Pàirc, frìth, lann.
PARK, *v. a.* Pàircich, cuir gàradh mu.
PARKER, *s.* Fear-gleidhidh pàirce, fear-pàirce.
PARLEY, *s.* Còmhradh, bruidhean, seanachas.
PARLEY, *v. n.* Labhair mu, dean còmhradh ri.
PARLIAMENT, *s.* Pàrlamaid, àrd-chomhairle na rìoghachd.
PARLIAMENTARY, *adj.* Pàrlamaideach.
PARLOUR, *s.* Seòmar suidhe, proinn-lios.
PAROCHIAL, *adj.* Sgìreachdail.
PAROCHIALLY, *adv.* See Parochial.
PAROCHIAN, *adj.* Sgìreachdail.
PARODY, *s.* Atharrais dàin.
PAROLE, *s.* Focal geallaidh, gealltanas, gealladh beòil.
PARONYCHIA, *s.* At meòir, at chinn meòir.
PAROXYSM, *s.* Braise, breisleach, ath-philleadh.
PARRICIDE, *s.* 1. One who destroys his father: mortair athar. 2. the murder of a father: mort athar, athar-mhort.
PARRICIDAL, PARRICIDIOUS, *adj.* Athar-mhortach.
PARROT, *s.* Piorraid, pigheid.
PARRY, *v. a.* et *n.* Seachainn, cuir seachad, dean grad-charachd, dìon thu fèin.
PARSIMONIOUS, *adj.* Gléidhteach, caomhantach, cruaidh, gann, spìocach.
PARSIMONIOUSLY, *adv.* See Parsimonious.
PARSIMONIOUSNESS, *s.* Gléidhteachd, caomhantachd, gainne, spìocachd.
PARSIMONY, *s.* Caomhnadh, gainne, spìocaiche, cruas, spìocaireachd.
PARSLEY, *s.* Fionnas, fionnas gàraidh.
PARSNIP, *s.* Curran geal.
PARSON, *s.* Pears-eaglais, ministeir sgìreachd.
PARSONAGE, *s.* 1. A benefice: beathachadh-eaglais. 2. the house of a clergyman: tigh ministeir.
PART, *s.* 1. A portion: earran, cuid, roinn, pàirt. 2. a member: ball. 3. distinct species: gnè, seòrsa. 4. ingredient: cuid. 5. share falling to each: cuid, roinn, cuibhrionn. 6. proportional quantity: roinn. 7. share, concern: roinn, cuibhrionn. 8. side, party: roinn, taobh. 9. particular office or character: dreuchd, cuid. 10. duty: dreuchd, gnothuch, obair, seirbhis. 11. action, conduct: giùlan, iomchar. 12. relation reciprocal: buint. For my *part:* air mo shon-sa. For his *part:* air a shon-sa. In good part: gu maìth. In ill part: dona. He took it in good part: ghabh e *gu maith* ris. For the most part: an cumantas, am bidheantas, gu coitchionn.
PART, *adv.* See Party.
PART, *v. a.* et *n.* 1. Divide: roinn. 2. separate: dealaich, sgair. 3. break: bris. 4. keep asunder: dealaich, sgair. 5. separate combatants: dean eadraiginn, dealaich. 6. secern: eadar-dhealaich. 7. be separated: dealaich, dealaich o. 8. quit each other: fàg, tréig, cùlaich, falbh o. 9. take farewell: gabh cead de. 10. set out: triall, imich, tog ort. 11. part *with*, quit, resign: thoir thairis, thoir seachad, caill.
PARTABLE, *adj.* So-roinnte, so-sgaraidh, so-dhealachaidh.
PARTAGE, *s.* Roinn, cuibhrionn, cuid, dìoladh coda.

PARTAKE, *v. a.* et *n.* 1. Share: compàirtich, roinnphàirtich. 2. admit to part: compàirtich ri, roinn ri.

PARTAKER, *s.* Fear compàirt, compàirtiche, còmhlan, companach.

PARTAKING, *s.* Compàirt, roinn, cuid.

PARTER, *s.* Fear-roinn, fear-dealachaidh, fear-sgaraidh.

PARTIAL, *adj.* 1. Inclined antecedently to favour one: leth-bhreitheach, claon-bhreitheach. 2. without reason, with *to:* bàigheil ri. 3. affecting only one part: neo-iomlan, neo-choitchionn, an cuid.

PARTIALITY, *s.* Claon-bhreitheachd, leth-bhreitheachd.

PARTIALIZE, *v. a.* Dean claon-bhreitheach, dean leth-bhreitheach.

PARTIALLY, *adv.* See Partial.

PARTICIPABLE, *adj.* So-phàirteachaidh.

PARTICIPANT, *adj.* Comh-roinnteach, a' gabhail roinne.

PARTICIPANT, *s.* See Partaker.

PARTICIPATE, *v. a.* et *n.* See Partake.

PARTICIPATION, *s.* Comh-roinn, compàirt, roinn, cuid.

PARTICLE, *s.* Dad, càil-eigin, earrann bheag, smùirnean, mion-fhocal.

PARTICULAR, *adj.* 1. Relating to single persons, not general: àraidh, air leth, sònruichte. 2. attentive to things single and distinct: meachranach, mion-fhaicilleach, poncail. 3. odd: còrr.

PARTICULAR, *s.* Ni, ni àraidh, ni air leth, neach àraid, neach sònruichte. In particular: gu h-àraidh, gu sònruichte.

PARTICULARITY, *s.* 1. Singlenesss: aonachd, àraidheachd. 2. minute account, private incident: mion-chunntas, mion-aithris. 3. something peculiar: neònachas.

PARTICULARIZE, *v. a.* Ainmich air leth, sònruich.

PARTICULARLY, *adv.* See Particular, *adj.*

PARTING, *s.* Dealachadh, sgaradh, roinn, falbh, siubhal.

PARTISAN, *s.* 1. A kind of pike: sleagh, pìc mheallach. 2. an adherent to a faction: fear-taoibh, taobhaiche. 3. a commander: ceannard buidhne, fear-buidhne.

PARTITION, *s.* 1. The act of dividing, state of being divided: roinn, dealachadh, sgaradh. 2. part divided: roinn, cuid. 3. by which different parts are separated: roinn, eadar-dhealachadh, sgaradh. 4. in a house: callaid, tallaid, cailbhe.

PARTITION, *v.* Roinn, dealaich, eadar-dhealaich.

PARTLET, *s.* Cearc, cearcag, eireag.

PARTLY, *adv.* An cuid, ann an cuid, an tomhas, ann an tomhas.

PARTNER, *s.* Companach, còmhlan, fear-pàirt, co-shealbhadair, fear-comh-roinne.

PARTNER, *v. a.* Companaich, càraidich, dean comunn ri

PARTNERSHIP, *s.* Companas, co-chuideachd, co-sheilbh, comh-roinn.

PARTOOK, *pret. v.* Partake, which see.

PARTRIDGE, *s.* Cearc-thomain.

PARTURITION, *s.* Breith, aisead.

PARTY, *s.* 1. A number of persons confederated: dream, cuideachd, buidheann. 2. one of two litigants: agarrach, agairteach. 3. one concerned in any affair: compàirtiche, fear-comh-roinn. 4. side, persons engaged against each other, cause, or side: taobh. 5. a select assembly: cuideachd, buidheann, coisir, bannail. 6. particular person: neach air leth, an neach, am fear, an té. 7. a detachment of soldiers: buidheann, freiceadan.

PARTY-COLOURED, *adj.* Iom-dhathach.

PARTYMAN, *s.* Fear-dreama, fear aimhreiteach.

PARTYWALL, *s.* Callaid, tallaid, balla meadhonach, balla tarsuing.

PAS, *s.* Cois toisich, ceum toisich.

PASCH-EGG, *s.* Ubh-càisge.

PASCHAL, *adj.* Càisgeach, càisgeil.

PASH, *v. a.* Buail, pùc, slachd.

PASH, *s.* 1. A blow: builie, cnap. 2. a face: bathais. 3. a kiss: pòg. A mad *pash* i. e. a madbrained boy: pàisde.

PASS, *v. a.* et *n.* 1. Go beyond: rach thairis air, gabh seachad air, rach thar. 2. go through: rach troimh. 3. spend: rach seachad air, fàg. 4. impart the power of motion: gluais, cuir air ghluasad. 5. carry hastily: beir, buail thairis. 6. transfer: thoir seachad, thoir thairis. 7. strain, percolate: sìolaidh, tarruing. 8. vent, pronounce: aithris, abair, labhair. 9. utter ceremoniously: luaidh, dean luaidh air. 10. utter solemnly: thoir a mach. 11. end: crìochnaich. 13. surpass: faigh, buadhaich air. 14. omit: dearmaid, dì-chuimhnich. 15. transgress: bris, bris air. 16. admit, allow: leig le, luasaich do. 17. enact a law: daingnich dean, reachdaich, òrduich. 18. practise artfully: cuir cuilbheart air. 19. send from: cuir thairis, aisig, iomain. 20. pass away, spend, waste: caith, caith air falbh. 21. pass *by*, excuse, forgive: leig seachad, maith. 22. pass *by*, neglect: dearmaid, dì-chuimhnich. 23. pass *over*, omit: leig seachad, leig le. 24. go, be progressive: imich, triall, falbh, gluais. 25. go forcibly, make way: dean rathad troimh, bris troimh. 26. make a change: gluais o. 27. vanish, be lost: rach as, falbh. 28. be spent: rach as, caith as. 29. be at an end, be over: crìochnaich. 30. die: caochail, rach eug. 31. be changed by regular gradation: caochail. 32. be in any state: rach, imich. 33. be enacted: bi air do dhaingneachadh. 34. gain reception: gabh, faigh àite. 35. be regarded as good, or ill: bi air do mheas. 36. occur: tachair. 37. be done: bi dèanta. 38. determine finally: thoir binn a mach, thoir binn an aghaidh. 39. pass *away*, be lost, glide off: caith as, sìolaidh as.

PASS, *s.* 1. A narrow entrance: glaic, bealach, slighe. 2. passage, road: slighe, rathad. 3. a permission to go, or come: comas, cead, cead-siubhail. 4. push, thrust in fencing: siorradh, sàthadh. 5. state, condition: cor, inbhe.

PASSABLE, *adj.* 1. Possible to be passed through, or over: so-imeachd. 2. supportable, tolerable:

so-ghiùlain, so-iomchar, so-fhulangta. 3. allowable : ceadaichte. 4. capable of admission, or reception : so-ghabhail, so-cheadachaidh.

PASSABLY, *adv.* See Passable.

PASSAGE, *s.* 1. Act of passing, course : triall, imeachd, turus, aisig. 2. road, way : slighe, rathad. 3. entrance, or exit : teachd a stigh, dol a mach, cead. 4. occurrence : tachartas, tuiteamas. 5. incident : cùis, gnothuch. 6. management : iomchair, giùlan, coimhead, stiùradh. 7. part of a book : earrann, ceann.

PASSED, *pret.* and *part.* of Pass, *v.* which see.

PASSENGER, *s.* Fear turuis, fear-cuairt.

PASSER, *s.* Fear-turuis, fear-rathaid, fear slighe.

PASSIBLE, *adj.* Ion-fhulang, comh-fhulangachd.

PASSIBLENESS, *s.* Comh-fhulangachd.

PASSING, *part. adj.* Òirdheirc, anabarrach. Used adverbially : ro.

PASSING-BELL, *s.* Clag bàis, clag-adhlacaidh.

PASSION, *s.* 1. Caused by external agency : gluasad, buaidh, toradh, fulangas. 2. violent commotion of the mind : boile, boil-inntinn. 3. anger : fearg, corruich, buaireas. 4. zeal, ardour : déigh, miann, dian-iarrtas, dùrachd. 5. love : gaol, gràdh. 6. eagerness : déigh, déine. 7. of our Saviour : fulangas.

PASSION-WEEK, *s.* Seachdan na ceusda.

PASSIONATE, *adj.* Cas, crosda, feargach, air boile, lasanta, aithghearr, geàrr, reasgach.

PASSIONATELY, *adv.* See Passionate.

PASSIONATENESS, *s.* Caise, crosdachd, fearg, feargachd, lasantachd, reasgachd.

PASSIVE, *adj.* Fulangach, umhail, soirbh, foighidneach ciùin.

PASSIVELY, *adv.* See Passive.

PASSIVENESS, *s.* Fulangachd, ùmhlachd, soirbheachd, foighidneachd, cùineachd.

PASSLESS, *adj.* Do-imeachd.

PASSOVER, *s.* 1. A feast of the Jews : dol-thairis, càisg. 2. the sacrifice killed : càisg, an t-uan càisg.

PASSPORT, *s.* Cead-siubhail, cead sgrìobhta.

PAST, *part. adj.* Seachad, a dh' fhalbh, thairis, air dol thairis, a thréig.

PAST, *prep.* 1. In time : seach, thar. 2. no longer capable of : seach comais, os ceann. 3. out of reach of : seach, os ceann, thar, thairis air. 4. above, more than : thar.

PAST, *s.* An ùine a chaidh seachad, an t-àm a dh' fhalbh.

PASTE, *s.* Glaodh, taois-ghlaodh.

PASTE, *v. a.* Glaodh, glaodhaich, tàth le glaodh.

PASTEBOARD, *s.* Pàipear glaodhta.

PASTERN, *s.* Rùdan, rùdan eich.

PASTIME, *s.* Cluiche, fearas-chuideachd, àbhachd, cleasachd, sùgradh, mire, feala-dhà, beadradh.

PASTIME, *v. n.* Cluich, bi ri feala-dhà.

PASTOR, *s.* 1. A shepherd : aodhair, buachaill. 2. a clergyman : ministeir, pears-eaglais, sagart.

PASTORAL, *adj.* 1. Rural, rustic : aodhaireil, buachailleach, dùthchail. 2. relating to the cure of souls : ministreileach, aodhaireil.

PASTORAL, *s.* Òran buachailleachd, duan spréidhe, duan-dùthcha.

PASTORLIKE, PASTORLY, *adj.* Aodhaireil, aodharach.

PASTORSHIP, *s.* Aodharachd, buachailleachd.

PASTRY, *s.* Biadh fuinte, pitheannan.

PASTURABLE, *adj.* So-ionaltraidh.

PASTURAGE, *s.* 1. Business of feeding cattle : àrach, feurach, spréidh-thogail. 2. lands grazed : ionaltradh, innilt, feur.

PASTURE, *s.* Ionaltradh, innilt, feurachas.

PASTURE, *v. a.* et *n.* Ionaltair, feuraich, cuir air feur, biadh.

PASTY, *s.* Pithean.

PAT, *adj.* Iomchuidh, freagarrach, àmail, deiseil, ro-fhreagarrach.

PAT, *adv.* See Pat, *adj.*

PAT, *s.* 1. A light quick blow : cailleag, boiseag, spadag. 2. a small lump of matter : meallan, cruinnean.

PAT, *v. a.* Criataich, sliòb, buail eutrom.

PATCH, *s.* 1. A piece sewed on : breaban, bréid, tuathag, goirtean. 3. a paltry fellow : sgonn, trusdair.

PATCH, *v. a.* 1. With a piece sewed on : clùd, càirich, tuathagaich. 2. mend clumsily : cnòdaich.

PATCHER, *s.* Clùdair, cnòdair, fear-clùdaidh.

PATCHERY, *s.* Cnòdachd, clùdaireachd, breabanachd, tuathagachd.

PATCHWORK, *s.* See Patchery.

PATE, *s.* Claigeann, ceann.

PATED, *adj.* Claigeannach. Long-pated : carach, clìceach, mealltach.

PATENT, *adj.* Fosgailte, folluiseach, soilleir, nochdta, réidh.

PATENT, *s.* Sgrìobhadh còrach o 'n righ.

PATENTEE, *s.* Fear-còrach.

PATER-NOSTER, *s.* A' phaidir, ùrnuigh an Tighearn.

PATERNAL, *adj.* 1. Fatherly : athaireil. 2. hereditary : dligheach, dualach.

PATH, *s.* Ceum, slighe, rathad, lorg, cois-cheum, aisridh.

PATH, *v. a.* Coisich, céimnich.

PATHETIC, PATHETICAL, *adj.* Druighteach, gluasadach, tiamhaidh, cianail.

PATHETICALLY, *adv.* See Pathetic.

PATHETICALNESS, *s.* Druighteachd, gluasadachd, tiamhaidheachd, cianalachd.

PATHLESS, *adj.* Do-imeachd, gun rathad, gun slighe.

PATHOLOGY, *s.* Eòlas ghalar, foghlum air eucailibh.

PATHOS, *s.* Déine, déine bhriathar, dian-labhairt, druighteachd.

PATHWAY, *s.* Casan, frith-rathad, rathad coise.

PATIBULARY, *adj.* Croicheil, croicheach.

PATIENCE, *s.* Foighidin, fulangas, fad-fhulangas, foighid, furas.

PATIENT, *adj.* Foighidneach, fulangach, fad-fhulangach, foighidneach, foisneach.

PATIENT, *s.* Euslan, an t-euslan, neach tinn.

PATIENTLY, *adv.* See Patient, *adj.*

PATLY, *adv.* See Pat, *adj.*

PATNESS, *s.* Iomchuidheachd, àmalachd, freagarrachd, ro-fhreagarrachd.
PATRIARCH, *s.* Prìomh-athair, uachdaran, uachdaran spioradail.
PATRIARCHAL, *adj.* Prìomh-athaireil.
PATRICIAN, *adj.* Uasal, àrd, àrd-inbheach, flathail.
PATRICIAN, *s.* Uasal, flath, àrd-fhlath.
PATRIMONIAL, *adj.* 1. By inheritance: dligheach, sinnsireach. 2. claimed by right of birth, hereditary: dùthchasach, dualach.
PATRIMONIALLY, *adv.* See Patrimonial.
PATRIMONY, *s.* Oighreachd, dùthchas, cuid-sinnsireachd.
PATRIOT, *s.* Duine dùthchasach, tìr-ghràdhaiche.
PATRIOTISM, *s.* Gràdh dùthcha, tìr-ghràdh.
PATROCINATE, *v. a.* Dìon, seas, dean taic ri, cum suas.
PATROCINATION, *s.* Dìon, cumail suas, dìdeann.
PATROL, *s.* Freiceadan, faire, luchd-faire, cuairt-fhaire.
PATROL, *v. n.* Thoir cuairt-fhaire.
PATRON, *s.* Fear-dìona, fear-taic, fear-cul-taic, fear-comaraidh, fear-cuideachaidh, fear-buileachaidh.
PATRONAGE, *s.* Dìon, taic, cùl-taic, comaradh, cuideachadh, buileachadh.
PATRONAL, *adj.* Taiceil, cuideachail.
PATRONESS, *s.* Ban-dìonadair, bean-chuideachaidh, ban-tèarmunnaiche, bean-bhuileachaidh.
PATRONLESS, *adj.* Gun dìon, gun chùl-taic.
PATRONISE, *v. a.* Dìon, cum suas, seas, dean cùl-taic ri.
PATRONYMICK, *s.* Ainm sinnsireachd, sloinneadh, ainm cinnidh.
PATTER, *s.* Bròg fhiodha, bròg dhìona.
PATTER, *v. a.* et *n.* 1. Recite, or repeat hastily: aithris luath. 2. make a noise like the quick steps of many feet: dean tartar, dean farum chos, dean stairirich.
PATTERN, *s.* Samhladh, cumadh, dealbh, samplair, ball sampuill.
PAUCITY, *s.* Ainneamhachd, tearcachd, gainne, lughad.
PAVE, *v. a.* Urlaraich, leag urlar, cabhsairich, leag le cloich ri'idh, dean còmhnard, dean réidh.
PAVEMENT, *s.* Urlar cloiche, cloch-rathad, cabhsair.
PAVER, PAVIER, *s.* Fear-leagaidh urlar, cabhsaraiche.
PAVILION, *s.* Pailliunn, bùth.
PAVILION, *v. a.* Dìon fuidh phàilliunn, cuir fasgadh air, dìon.
PAUNCH, *s.* Brù, mionach, maodal.
PAUNCH, *v. a.* Leig am mionach as, sgoilt.
PAUPER, *s.* Bochd, neach bochd, diol-déirce, truaghan.
PAUPERISM, *s.* Bochduinn, bochdas, truaghanachd.
PAUSE, *s.* Stad, grabadh, anail, tosd, teagamh.
PAUSE, *v. n.* 1. Wait, stop, proceed not, forbear for a time: stad, clos. 2. deliberate: fuirich, smuainich, thoir fainear. 3. lie intermitted: tàmh, bi aig fois.
PAUSER, *s.* Fear stad, fear-dàla, fear-fuirich, fear fadail.
PAW, *s.* Spòg, spàg, màg. The foot in contempt: spàg, cràg.
PAW, *v. n.* Bùraich, cladhaich.
PAW, *v. a.* 1. Strike with a drawn stroke of the fore foot: buail, buail sìos. 2. handle roughly: garbh-làimhsich, sgròb. 3. fawn, flatter: dean miodal, dean sodal.
PAWED, *adj.* Spàgach, spogach, màgach.
PAWN, *s.* Geall.
PAWN, *v. a.* Thoir an geall.
PAWNBROKER, *s.* Fear iasaid air son gill, geall-cheannaiche.
PAY, *v. a.* 1. A debt: dìol, pàidh, ìoc. 2. atone: dìol, dean réite. 3. beat: gréidh, gabh air. 4. reward: duaisich, ath-dhìol. 5. give the equivalent: dìol a luach. 6. (in naval language): smeur, còmhdaich le.
PAY, *s.* Tuarasdal, duais, luach-saothrach.
PAYABLE, *adj.* Ri phàidheadh, ri dhìoladh, dligheach.
PAY-DAY, *s.* Là dìolaidh, là-pàidhidh.
PAYER, *s.* Pàidhear, fear-dìolaidh, fear-ìocaidh.
PAYMASTER, *s.* Fear dìolaidh tuarasdail.
PAYMENT, *s.* 1. Act of paying: ìocadh, dìoladh, pàidheadh. 2. the thing given: luach, dìoladh. 3. a reward: duais, tuarasdal. 4. chastisement: gréidheadh, gabhail air, peanas.
PEA, *s.* Peasar, gràine peasarach, sìlean peasarach.
PEACE, *s.* 1. From war: sìth. 2. quiet: fois. 3. rest: tàmh, sìothaimh, sìothchaint. 4. reconciliation: réite, réiteachd. 5. content: sìothaimh, fois, toil-inntinn. 6. silence: tosd, clos.
PEACE, *interj.* Tosd, clos.
PEACE-OFFERING, *s.* Tabhartas sìthe.
PEACEABLE, *adj.* 1. Free from war, or tumult: sìothchail, foiseil, sìothchainteach. 2. quiet, undisturbed: ciùin, foistinneach. 3. not violent, not bloody: ciùin, sàmhach, caoin. 4. not turbulent: sìothchail, ciùin, neo-thuasaideach, soirbh, soitheamh.
PEACEABLY, *adv.* See Peaceable.
PEACEFUL, *adj.* See Peaceable.
PEACEFULLY, *adv.* See Peaceable.
PEACEFULNESS, *s.* Sìothchaint, sàmhchair, foistinneachd, sìothalachd.
PEACELESS, *adj.* Gun sìth, gun fhois, neo-fhoistinneach, neo-shàmhach.
PEACEMAKER, *s.* Fear-sìtheachaidh, fear-dèanaimh na sìthe.
PEACH, *v. a.* et *n.* See Impeach.
PEACHICK, *s.* Isean na h-eucaig.
PEACOCK, *s.* Peubh-choileach, coileach feucaig.
PEAHEN, *s.* Peubh-chearc, cearc-feucaig, eucag.
PEAK, *s.* Stùc, scòrr, binnean, mullach, bàrr, biorraid, dosan.
PEAK, *v. n.* Bi glaisneulach, slìog, snàig as.
PEAL, *s.* Stàirn, farum, gàir, toirm, gleadhar, torunn, fuaim.
PEAL, *v. a.* et *n.* Dean farum, dean stàirn, beum, fuaimnich.
PEAR, *s.* Peur.
PEARL, *s.* Neamhnuid, neamhnad. (On the eye): leus, guirean.

PEARLED, *adj.* Neamhnuideach, neamhnadach.
PEARL-EYED, *adj.* Sgleò-shuileach, leus-shuileach.
PEARLY, *adj.* See Pearled.
PEASANT, *s.* Cosnach, ceatharnach, tuathanach, bodach.
PEASANT, *adj.* Cosnachail, ceatharnail, bodachail.
PEASANTRY, *s.* Luchd-cosnaidh, ceatharn, tuathcheatharn.
PEASE, *s.* Peasar.
PEAT, *s.* Mòine. A peat: fàd mòine.
PEBBLE, PEBBLESTONE, *s.* Clachag, dòrnag, grigeag.
PEBBLED, *adj.* Clachagach.
PEBBLY, *adj.* See Pebbled.
PECCABILITY, *s.* Buailteachd do 'n pheacadh.
PECCABLE, *adj.* Buailteach do 'n pheacadh.
PECCADILLO, *s.* Coire, meanbh-choire, tubaist.
PECCANCY, *s.* 1. Bad quality: droch mhèinn. 2. offence: oilbheum.
PECCANT, *adj.* 1. Guilty, criminal: ciontach, peacach. 2. ill disposed: droch-mhèinneach, aimhleasach, aingidh, coiripte. 3. offensive to the body: neo-fhallain, mi-fhallain. 4. wrong, bad: mearachdach, neo-dhiongmholta.
PECCAVI, *pret. v.* Focal Laidinn, Pheacaich mi.
PECK, *s.* Peic, peichd.
PECK, *v. a.* 1. Strike with the beak: pioc, gobaich. 2. pick up food with the beak: spiol. 3. strike with a pointed instrument: sàth. 4. strike, make blows: buail.
PECKER, *s.* Fear-piocaidh, piocadair, spioladair.
PECKLED, *s.* See Spotted.
PECTORAL, *adj.* A bhuineas do 'n uchd, no, do 'n chliabh, uchdail.
PECTORAL, *s.* 1. A medicine: cungaidh-cléibhe, leigheas-cléibhe. 2. a breastplate: uchd-éididh.
PECULATE, PECULATION, *s.* Mèirle, no, goid air airgiod coitchionn, gaduidheachd.
PECULATE, *v. n.* Goid, dean gaduidheachd air cuid chàich.
PECULATOR, *s.* Gaduiche, mèirleach comuinn.
PECULIAR, *s.* Àraidh, sònruichte, comharraichte, dualach do.
PECULIAR, *s.* Còir, còir àraidh, cuid air leth.
PECULIARITY, *s.* Àraidheachd, dualachas, buaidh air leth.
PECULIARLY, *adv.* See Peculiar, *adj.*
PECULIARNESS, *s.* See Peculiarity.
PECUNIARY, *adj.* Airgiodach.
PED, *s.* 1. A small pack saddle: sumag, pillean eich. 2. a basket: cliabh, cliabhan, mùrlag.
PEDAGOGUE, *s.* Oide-foghluim, maighstir sgoile, oid-ionnsuchaidh, beadagan sgoileir.
PEDAGOGY, *s.* Oideas, teagasg, beadaganachd.
PEDAL, *adj.* Cosach, luirgneach.
PEDANT, *s.* 1. A schoolmaster: maighstir sgoile. 2. a man vain of low knowledge: beadagan sgoileir, peasan foghluim.
PEDANTIC, PEDANTICAL, *adj.* Sgùdasach, beadaganach, uailleil á mion-eòlas.
PEDANTICALLY, PEDANTICLY, *adv.* See Pedantic.
PEDANTRY, *s.* Moit ionnsachaidh, beadaganachd.
PEDDLE, *v. n.* Bi rudanach, dean iomairt mu ñeo-ñi.
PEDDLING, *adj.* Rudanach, neo-ñitheach, dian mu ñeo-ñi.
PEDESTAL, *s.* Bunchar carraigh, bun carraigh.
PEDESTRIAL, PEDESTRIAN, *adj.* Air chois, coiseachdail, a' coiseachd.
PEDESTRIAN, *s.* Coisiche, fear coise, fear-coiseachd.
PEDICLE, *s.* Lurg duille, freumh measa.
PEDICULAR, *adj.* Mialach, tiugh le miallaibh.
PEDIGREE, *s.* Sloinneadh sinnsireachd, ginealachd, lorg-slighe.
PEDLER, *s.* Ceannaiche falbhain, fear-màileid, fear paca.
PEDLERY, *s.* 1. Articles sold by pedlers: bathar, frith-bhathar. 2. the employment of selling petty articles: frith-cheannachd.
PEDOBAPTISM, *s.* Baisteadh ñaoidhean, naoidh-bhaisteadh.
PEDOBAPTIST, *s.* Naoidh-bhaistiche.
PEEL, *v. a.* Rùisg, sgrath, plaoisg, creach, spùinn.
PEEL, *s.* Rùsg, sgrath, plaosg.
PEEL, *s.* Inneal fuinneadair, greidilean.
PEELER, *s.* 1. One who strips, or flays: fear-rùsgaidh, fear-cairtidh, fear-plaosgaidh, fear-fionnaidh, fionnadair. 2. a plunderer: spùinneadair, creachadair.
PEEP, *v. n.* 1. Make the first appearance: taisbean, thig am fradharc. 2. look slily, or through a crevice: amhairc gu geur, thoir caog-shealladh, amhairc troimh tholl, gabh sealladh bradach, dean dìdeagaich. 3. chirp: dean bìdeil.
PEEP, *s.* 1. First appearance: ceud shealladh, plaosgadh. 2. a sly look: caogadh, sealladh bradach, dìdeag.
PEEPER, *s.* 1. One that peeps: fear-caogaidh, fear dìdeagaich. 2. a young chicken: eun circe air briseadh an uibhe, bìdean. 3. (in cant language), a looking glass: sgàthan.
PEEPHOLE, PEEPINGHOLE, *s.* Toll amhairc, toll dìdeagaich.
PEER, *s.* 1. One of the same rank: fear-co-inbhe, leth-bhreac, companach. 2. companion: còmhlan, companach. 3. a nobleman: flath, morair.
PEERAGE, *s.* 1. The dignity of a peer: flathachd, moraireachd. 2. the body of peers: maithean, àrd-uaislean, àrd uaisle.
PEERDOM, *s.* See Peerage, 1.
PEERESS, *s.* Ban-mhorair.
PEERLESS, *adj.* Neo-choimeasach, gun choimeas.
PEERLESSLY, *adv.* Gun choimeas, gu neo-choimeasach.
PEERLESSNESS, *s.* Neo-choimeasachd.
PEEVISH, *adj.* Dranndanach, cas, corrach, feargach, gearanach, crosda, frionasach, neo-thoilichte.
PEEVISHLY, *adv.* See Peevish.
PEEVISHNESS, *s.* Dranndanachd, caise, corrachas, frionasachd, crosdachd, gearanachd.
PEG, *s.* Cnag, tarrung fhiodha, pinne, dul, ealachag.
PEG, *v. a.* Tarrungaich, pinn, sath, dinn.
PELF, *s.* Maoin, saoibhreas, beartas, àirneis, ionmhas.

PELICAN, *s.* Pelican, eun mòr fàsaich.

PELLET, *s.* Peilear, peilear beag, cruinn bhall beag, cnapan.

PELLETED, *adj.* Peilearach, cruinn-bhallach, cnapanach.

PELLICLE, *s.* Sgrath, fann chraicionn, sgannan.

PELLITORY, *s.* Ainm luis. Pellitory of Spain: lus-na-Spàinne. Pellitory of the wall: lus-a'-bhalla.

PELLMELL, *adv.* Thar a chéile, troimh chéile, tromach air shearrach, trom tric.

PELLUCID, *adj.* Trid-shoilleir, soilleir, glan, soillseach.

PELLUCIDITY, } *s.* Trid-shoilleireachd, soilleireachd,
PELLUCIDNESS, } glaine, soillseachd.

PELT, *s.* 1. Skin, hide: craicionn, bian, seic, seich, peileid. 2. a blow: sgailc, builie, urchair, cnap.

PELT, *v. a.* Tilg air, buail, caith air.

PELTING, *adj.* Suarach leibideach.

PELTING, *s.* Ruathar, urchair, tilgeadh, bualadh, slachdadh.

PELTMONGER, *s.* Fear reic, no, ceannach chraicionn, no bhian.

PELVIS, *s.* Ìochdar na bronn.

PEN, *s.* 1. For writing: peann, ite. 2. a feather: ite. 3. a wing: sgiath, cleit. 4. a small inclosure: lann, buaile, fang.

PEN, *v. a.* 1. Coop, incage: druid a stigh, fangaich. 2. write: sgrìobh, deachd.

PENAL, *adj.* Peanasach, peanasail, piantail, dìoghaltach.

PENALITY, *s.* Buailteachd do pheanas, binn.

PENALTY, *s.* Peanas, pian, dìoghaltas.

PENANCE, *s.* Peanas, cronachadh, féin-dhìoladh, aithreachas.

PENCE, *pl.* Of penny, which see.

PENCIL, *s.* Bruis-dreachaidh, uidheam dhreachaidh, peann luaidhe.

PENCIL, *v. a.* Dreach, dealbh, tarruing dealbh.

PENDANT, *s.* 1. A jewel hanging: fail cluaise, paidirein cluaise, cluais fhàine. 2. any thing hanging by way of ornament: grinneas crochta, paideirein. 3. in ships: bratach bheag luinge, sròl luinge.

PENDENCE, *s.* Claonadh, aomadh.

PENDENCY, *s.* Dàil, stad, iom-chomhairle, teagamh.

PENDENT, *adj.* Crochta, an crochadh, thairis air.

PENDING, *adj.* An crochadh, neo-chrìochnaichte, a' dol air aghairt.

PENDULOUS, *adj.* 1. Hanging: an crochadh, crochta. 2. doubtful: teagamhach, neo-chinnteach.

PENDULUM, *s.* Crochadan, crochadan uaireadair.

PENETRABLE, *adj.* So-thollaidh, so-dheargaidh, so-dhrùighidh.

PENETRANCY, *s.* Druighteachd, comas-deargaidh air.

PENETRANT, *adj.* Druighteach, deargtach, geur.

PENETRATE, *v. a.* et *n.* 1. Pierce: toll, dearg air. 2. affect the mind: druigh air, buin ri. 3. reach the meaning: ruig, ruig air, tuig, breithnich. 4. make way: faigh troimhe, faigh a steach, gabh romhad.

PENETRATION, *s.* 1. Act of enticing into: tolladh, deargadh air, druigheadh. 2. mental entrance: breithneachadh, dol a stigh, tuigse. 3. acuteness, sagacity: tùr, geur-chuis, sàr-bheachd, geur-thuigse.

PENETRATIVE, *adj.* 1. Piercing, sharp: geur, guineach, druighteach. 2. acute, sagacious, decerning: geur, teòma, seòlta, aithneachail, geur-chuiseach, geur-thuigseach.

PENETRATIVENESS, *s.* See Penetration.

PENINSULA, *s.* Dòirlinn, tairbeart, ceann-tìre, ròs.

PENITENCE, } *s.* Aithreachas, aithre, doilghios, bròn.
PENITENCY, }

PENITENT, *adj.* Aithreachail, aithreach, duilich, brùite, tuirseach.

PENITENT, *s.* Aithreach, aithreachan, iompachan.

PENITENTIAL, *adj.* Aithreachail.

PENITENTIARY, *s.* 1. A penitent: aithreachan. 2. the place where penance is enjoined: ionad-aithreachais.

PENITENTIARY, *adj.* Aithreachail.

PENITENTLY, *adv.* See Penitent, *adj.*

PENKNIFE, *s.* Sgian pheann.

PENMAN, *s.* Sgrìobhair, sgrìobhadair, fear sgrìobhaidh, ùghdair.

PENMANSHIP, *s.* Sgrìobhadaireachd, sgrìobhaireachd, sgrìobhadh.

PENNANT, *s.* 1. A small flag: bratachag, bratach bheag. 2. a tackle for hoisting any thing on board: acfhuinn tàirnge.

PENNATED, *adj.* Sgiathach.

PENNED, *adj.* Sgiathach, iteach, iteagach.

PENNER, *s.* 1. A writer: sgrìobhadair, sgrìobhair. 2. a pen-case: céis pheann, peannagan.

PENNILESS, *s.* Aimbeartach, ainnis, lom.

PENNON, *s.* Bratachag, bratach bheag, suaicheantas.

PENNY, *s.* Sgillinn, peghinn.

PENNYWISE, *adj.* Caomhantach, spìocach, rudanach.

PENNYWORTH, *s.* Luach peghinn.

PENSILE, *adj.* Crochta, an crochadh, crochadach.

PENSION, *s.* 1. A payment: dìoladh, ìocadh, pàidheadh. 2. an allowance made: duais, saor-dhuais.

PENSION, *v. a.* Thoir saor-dhuais do, beathaich air saor-dhuais.

PENSIONARY, *s.* Fear-saor dhuais.

PENSIONARY, *adj.* Beathaichte le saor-dhuais, saor-beathaichte.

PENSIONER, *s.* Fear-saor dhuais, neach air a bheathachadh o ṅeach eile.

PENSIVE, *adj.* Smaointinneach, smuaintinneach, tuirseach, muladach.

PENSIVELY, *adv.* See Pensive.

PENSIVENESS, *s.* Smaointinneachd, tuirse, tuirseachd, muladachd.

PENT, *part. v.* Pen. Druidte, dùinte.

PENTAGON, *s.* Cùig-cheàrnag.

PENTAGONAL, *adj.* Cùig-chearnach.

PENTANGULAR, *adj.* Cùig-chearnach.

PENTATEUCH, *s.* Cùig leabhraichean Mhaois.

PENTECOST, *s.* Cuingeis, feill-chuingeis, là-cuingeis, bealltainn.

PENTECOSTAL, *adj.* Cuingiseach, bealltainneach.

PENTHOUSE, *s.* Sgàil-thigh, tigh-sgàile.

PENTILE, *s.* Criadh, chlach mhullaich.

PENUMBRA, *s.* Leth-dhubhar, leth-sgàile.

PENURIOUS, *adj.* Spìocach, mìodhoir, crion, gann, gortach, mosach, cruaidh.
PENURIOUSLY, *adv.* See Penurious.
PENURIOUSNESS, *s.* Spìocaiche, mìodhoireachd, crìne, gainne, gortachd, mosaiche, cruas.
PENURY, *s.* Bochduinn, ainniseachd, gainne, aimbeart.
PEOPLE, *s.* Sluagh, muinntir, pobull, fine, dream, aitim, daoine, cuideachd, feadhainn.
PEOPLE, *v. a.* Lìon, lìon, le sluagh, suidhich luchd-àiteachaidh.
PEPPER, *s.* Spiosradh, peabair.
PEPPER, *v. a.* 1. Sprinkle with pepper: peabraich, spìosraich. 2. mangle, beat, mangle with shot or blows: slachd, beubanaich, gréidh.
PEPPERBOX, *s.* Bocsa peabrach.
PEPPERCORN, *s.* Smùirnean, dadum, ni beag.
PEPPERING, *adj.* Loisgeach, teth, lasanta, feargach.
PEPPERMINT, *s.* Mionnt, miunntuinn.
PERADVENTURE, *adj.* Dh' fheudtadh, feudaidh bhi, 's maith a dh' fheudtadh, a theagamh.
PERAMBULATE, *v. a.* Spaidsirich, cuairtich, rach air feadh, imich air feadh.
PERAMBULATION, *s.* Troimh-shiubhal, troimh-imeachd, timchioll, cuairt, cuairteachadh, cuairt-imeachd, spaidsireachd.
PERCEIVABLE, *adj.* So-fhaicsinneach, so-leirsinneach, so-aithneachaidh.
PERCEIVE, *v. a.* 1. Discover by some sensible effects: faic, gabh beachd air, beachdaich, dearc air, aithnich, tuig. 2. know, observe: aithnich, faic, tuig. 3. be affected by: mothaich.
PERCEPTIBILITY, *s.* So-leirsinneachd, so-fhacsinneachd.
PERCEPTIBLE, *adj.* So-leirsinneach, so-fhaicsinneach, so-mhothachaidh.
PERCEPTIBLY, *adv.* See Perceptible.
PERCEPTION, *s.* 1. The power of perceiving: amharc, fradharc, sealladh, beachdachadh, beachd. 2. consciousness: aithne, eòlas, fios, fiosrachd, fiosrachadh. 3. noting, idea: beachd, barail, fios. 4. state of being affected: mothachadh, mothalachd.
PERCEPTIVE, *adj.* Beachdach, amharcach, fradharcach, léirsinneach.
PERCH, *s.* Creagag, muc-lochaidh.
PERCH, *s.* 1. A measure: tomhas chuig slat gu leth. 2. on which birds roost: iris, spàrr, spirisd, spàrdan.
PERCH, *v. a.* et *n.* 1. Place on a perch: cuir air iris, cuir air spàrdan. 2. sit or roost as a bird: suidh air, luidh, rach air iris, rach gu spàrdan.
PERCHANCE, *adv.* Theagamh, a theagamh, feudaidh bhi.
PERCIPIENT, *adj.* See Perceptive.
PERCOLATE, *v. a.* Sìolaidh, fàisg, leig troimh.
PERCOLATION, *s.* Sìoladh, fàsgadh, leigeil troimh.
PERCOLATOR, *s.* Sìolachan.
PERCUSS, *v. a.* Buail, thoir buille do.
PERCUSSION, *s.* Bualadh, buille, farum.
PERCUTIENT, *adj.* Buailteach, farumach, builleach.
PERDITION, *s.* 1. Destruction, ruin, death: sgrios, milleadh, léir-sgrios, dìth. 2. loss: call, calldachd. 3. eternal death: bàs sìorruidh.
PERDU, *s.* Fear-folaich, fear-plaid-luidhe.
PERDULOUS, *adj.* Caillte, tilgte air falbh.
PERDURABLE, *adj.* Maireannach, buan-mhaireannach.
PEREGRINATE, *v. n.* Dean siubhal fad as, siubhail am fad, dean turus.
PEREGRINATION, *s.* Cuartachadh, turus, astar am fad, taisdealachd.
PEREGRINATOR, *s.* Fear-cuairt, taisdealach.
PEREGRINE, *adj.* See Foreign.
PEREMPTORILY, *adv.* See Peremptory.
PEREMPTORINESS, *s.* Smachdalachd, teinne, dian-bharalachd.
PEREMPTORY, *adj.* Dian-bharalach, smachdail, teann, do-dhiùltaidh.
PERENNIAL, *adj.* 1. Through the year: bliadhnail, a mhaireas rè bliadhna. 2. unceasing: sìor, maireannach, buan, seasmhach.
PERFECT, *adj.* 1. Consummate, finished: iomlan, diongmholta, foirfe, coimhlionta. 2. fully informed: teòma, làn-eòlach. 3. pure: glan, neo-thruaillidh, neo-chiontach, neo-choireach, fìor-ghlan, fìor. 4. confident, certain: cinnteach, dearbhta.
PERFECT, *v. a.* Coimhlion, dean foirfe, dean coimhlionta, dean iomlan, crìochnaich, làn-chrìochnaich.
PERFECTER, *s.* Fear-crìochnachaidh, fear-coimhlionaidh.
PERFECTION, *s.* Foirfeachd, coimhliontachd, iomlanachd, diongmholtachd.
PERFECTLY, *adv.* See Perfect, *adj.*
PERFECTNESS, *s.* Foirfeachd, iomlanachd, coimhliontachd, diongmholtachd, làn-mhaitheas.
PERFIDIOUS, *adj.* Cuilbheartach, meallta, carach, innleachdach, foilleil, fealltach, cealgach, sligheach, breugach.
PERFIDIOUSLY, *adv.* See Perfidious.
PERFIDIOUSNESS, *s.* Cuilbheartachd, mealltachd, fealltachd, cealgachd, sligheachas.
PERFIDY, *s.* Foill, ceilg, cuilbheart, feall, neo-fhirinn.
PERFORABLE, *adj.* So-thollaidh.
PERFORATE, *v. a.* Toll, thoir toll air, toll troimh.
PERFORATION, *s.* 1. Act of piercing, or boring: tolladh, trid-tholladh. 2. a hole, place bored: toll.
PERFORATIVE, *adj.* Tolltach, a thollas.
PERFORATOR, *s.* Inneal-tollaidh, tolladair, toradh.
PERFORCE, *adv.* A dh' aindeoin, a dheòin no dh' aindeoin, air éigin.
PERFORM, *v. a.* Coimhlion, co-gheall, dèan, gnàthaich, cuir an gnìomh.
PERFORMABLE, *adj.* So-dhèanaimh, so-chomhlionaidh.
PERFORMANCE, *s.* 1. Completion: coimhlionadh, crìochnachadh. 2. composition, work: obair, dèanadas. 3. something done: gnìomh, obair, dèanadas.
PERFORMER, *s.* Fear-dèanaimh, fear-coimhlionaidh, deanadaiche, gnìomhaiche, fear-cluiche.

PERFUME, *s.* Boltrach, fàile cùbhraidh, deadh bholadh.
PERFUME, *v. a.* Dean deadh-bholtrach, dean-cùbhraidh.
PERFUMER, *s.* Boltrachan, fear reic bholtraichean.
PERFUNCTORILY, *adv.* See Perfunctory.
PERFUNCTORY, *adj.* Cearbach, dearmadach, neo-chùramach, faoin, neo-choimhlionta.
PERFUSE, *v. a.* Sgaoil air, co-mheasgaich.
PERHAPS, *adv.* Theagamh, 's maith a dh' fheudta, feudaidh bhi.
PERICARDIUM, *s.* Cochull a' chridhe.
PERICLITATION, *s.* Cunnart, cruaidh-dheuchainn, baoghal.
PERICRANIUM, *s.* Cochull an eanchainn, cochull a' chlaiginn.
PERIL, *s.* Cunnart, gàbhadh, baoghal, peiricill. At your peril: ma 's dàna leat, air do bheatha.
PERILOUS, *adj.* Cunnartach, gàbhaidh, baoghalach.
PERILOUSLY, *adv.* See Perilous.
PERILOUSNESS, *s.* Cunnartachd, gàbhaidheachd, baoghalachd.
PERIMETER, *s.* Cuairt-thomhas.
PLUMPORRIDGE, *s.* Lite phlumbais, lite mhilis.
PLUMPUDDING, *s.* Marag mhilis, marag phlumbais.
PLUMPY, *adj.* See Plump, *adj.*
PLUMY, *adj.* Iteagach, clòimheach.
PLUNDER, *v. a.* 1. In an hostile way: spùinn, creach. 2. take by pillage: tog creach, creach. 3. as a thief: goid.
PLUNDER, *s.* Creach, spùinn, faobh, cobhartachd.
PLUNDERER, *s.* 1. Hostile pillager, spoiler: spùinneadair, creachadair, fear-spùinnidh. 2. a thief, a robber: mèirleach.
PLUNGE, *v. a.* et *n.* 1. Suddenly under water: tum, cuir fuidhe. 2. into any state suddenly: tilg, grad-chàirich. 3. into any distress: cuire fuidhe, bàth. 4. force in suddenly: sàth. 5. sink suddenly, dive: rach fuidhe, bog. 6. into any hazard or distress: tuit, grad-thuit, rach fuidhe.
PLUNGE, *s.* 1. Act of putting or sinking under water: tumadh, bogadh, cur fuidhe, dol fuidhe. 2. difficulty, strait, distress: àmhghair, airc, cruaidh-chàs, teinn.
PLUNGER, *s,* Tumadair.
PLURAL, *adj.* Tuilleadh 's a h-aon, iomadh, iolair.
PLURALIST, *s.* Fear dà dhreuchd.
PLURALITY, *s.* Tuilleadh 's a h-aon, mòr-àireamh iomadachd.
PLUSH, *s.* Clò, eudach garbh molach, no, giobagach.
PLY, *v. a.* et *n.* 1. Work on any thing importunely: saothraich air, oibrich air. 2. employ with diligence, keep busy: cuir ri, iomair. 3. practise diligently: saothraich, dian-ghnàthaich. 4. solicit importunately: grios, asluich, guidh. 5. bend, incline: lùb, aom. 6. work, offer service: oibrich, tairg obair. 7. go in haste: rach le cabhag, dean cabhag. 8. busy one's self: bi saotharach. 9. bend: aom, lùb.
PLY, *s.* 1. Bent, turn, biass: aomadh, car, luidhe. 2. form, cast: dealbh, dreach. 3. plait, fold: pleat, filleadh.
PLYING, *s.* Aslachadh, guidheadh, griosad.
PNEUMATIC, PNEUMATICAL, *adj.* Aileadhach, gaothach, mu 'n àileadh.
PNEUMATICS, *s.* Eòlas àileidh, ealain thomhais is fiosrachaidh an àilidh.
PNEUMONICS, *s.* Leigheas sgamhain, sgamh-leigheas.
POACH, *v. a.* et *n.* 1. Boil slightly: slaop. 2. begin without completing: leth-dhèan, mill, cnòdaich. 3. stab, pierce: sàth, toll. 4. plunder by stealth: goid, dean braid. 5. steal game: dean goid frìdhe. 6. be damp, be swampy: bi bog, bi àitidh, bi fuaraidh.
POACHER, *s.* Mèirleach sìthne, frìdh-mhèirleach, frìdh-ghaduiche.
POACHINESS, *s.* Àitidheachd, buige, fuarraidheachd.
POACHY, *adj.* Àitidh, bog, fuarraidh.
POCK, *s.* Bòc, pocan, guirean brice.
POCKET, *s.* Pòca, pòcaid, pùidse.
POCKET, *v. a.* 1. Put in the pocket: cuir 's a phòca. 2. pocket *up*: gabh chugad féin, dean gu folchaidh.
POCKETBOOK, *s.* Leabhar pòca.
POCKETGLASS, *s.* Gloine pòca.
POCKFRETTEN, *adj.* Breac, breac-eudanach.
POCKINESS, *s.* Brice, breac.
POCKY, *adj.* Breac, fuidh 'n chlap.
POCULENT, *adj.* So-òlta, ri 'òl.
POD, *s.* Cochull, rùsg, plaosg, sgrath.
PODDER, *s.* Fear-cruinneachaidh rùsg.
PODGE, *s.* See Puddle.
POEM, *s.* Dàn, duan, laoidh, òran, rann, rannachd, bàrdachd.
POESY, *s.* Bàrdachd, rannachd, saothar-bhàird, filidheachd, obair-filidh.
POET, *s.* Bàrd, filidh, aois-dàna, fear-dàna.
POETASTER. *s.* Bàrd mìodhoir, sgonn-bhàrd, fear-rannachd.
POETESS, *s.* Ban-bhard, ban-fhilidh.
POETIC, POETICAL, *adj.* Bàrdàil, filidheach, fileanta.
POETICALLY, *adv.* See Poetic.
POETICS, *s.* Ealan bhàrdachd, eòlas bhàrdachd.
POETIZE, *v. n.* Dean bàrdachd.
POETRESS, *s.* See Poetess.
POETRY, *s.* See Poesy.
POIGNANCY, *s.* Gairge, geurachd, géire, seirbhe, goirteas.
POIGNANT, *adj.* Garg, geur, searbh, goirt.

Poignantly, *adv.* See Poignant.

Point, *s.* 1. Of any instrument, or body: rinn ruinn, bior. 2. a string: iall. 3. headland: rudha, ceann tìre, maoile, ròs, sròn. 4. of an epigram: neart, seadh, brìdh. 5. of space: ball. 6. of time: plathadh, tiota. 7. a small space: ball, bad. 8. punctilio, nicety: eagnaidheachd. 9. critical moment: ball, uchd. At *point* of death: ri h-*uchd* bàis. 10. degree, state: cor, inbhe àirde. 11. note of distinction in writing: ponc, comharradh. 12. a spot: ball. 13. on the mariner's compass: roinn, àirde. 14. to which any thing is directed: ball. 15. particular mode: seòl, dòigh, ponc. 16. an aim, the act of aiming or striking: amas, cuimse. 17. thing required: cuspair, ni, an-dearbh ni. 18. example: cùis, ball, ponc. 19. single position: cùis, ni, ràdh. 20. a time: ponc, fonn, téis. 21. condition: cumha.

Point, *v. a.* 1. Sharpen to a point: geuraich, thoir rinn air, bioraich. 2. towards an object: seall ri, amhairc ri, seòl gu. 3. direct the eye: dearc air, seall, seall air, amhairc air. 4. shew: seall do, comharraich. 5. direct, as cannon: leag ri, cuimsich. 6. distinguish by stops, or points: poncaich, comharraich. 7. appoint: comharaich, sònruich, suidhich, aimnich. 8. indicate as dogs do to sportsmen: faigh a mach, feuch. 9. shew distinctly: taisbein, nochd, feuch do.

Pointed, *adj.* et *part.* 1. Sharp, having a sharp point: geur, biorach. 2. punctual: poncail, eagnaidh.

Pointedly, *adj.* See Pointed.

Pointedness, *s.* Geurachd, géire, bioraiche, eagnaidheachd.

Pointel, *s.* 1. A kind of pencil, or style: inneal grabhalaidh. 2. any thing on a point: ni ai rinn, bioradan.

Pointer, *s.* 1. Any thing that points: comharradh, no, ni geur. 2. a species of dog: cù eunaich.

Pointingstock, *s.* Ball sgeig, ball fanaid, ball-magaidh.

Pointless, *adj.* Maol, neo-gheur, gun rinn.

Poison, *s.* Nimh, puinnsean.

Poison, *v. a.* 1. Infect with poison: nimhich, puinnseanaich. 2. injure or kill by poison given: ciùrr, no, marbh le nimh. 3. corrupt: truaill, mill.

Poisoner, *s.* 1. One who poisons: fear-puinnseanachaidh, fear nimhe, cungaidh nimhe. 2. a corrupter: fear-truaillidh, fear-millidh.

Poisonful, *adj.* See Poisonous.

Poisoning, *s.* Puinnseanachadh, nimh-mharbhadh.

Poisonous, *adj.* Nimheach, nimheil, puinnseanach, puinnseanta.

Poisonously, *adv.* See Poisonous.

Poisonousness, *s.* Nimheachd, nimhealachd, puinnseantachd.

Poistrel, *s.* Uchdach, uchd-bheart eich.

Poize, *s.* 1. Weight: cudthrom. 2. balance: cothrom, co-chothrom. 3. a regulating power: tomhas riaghlaidh, cudthrom-strùraidh.

Poize, *v. a.* 1. Balance; co-chothromaich. 2. load with a weight: tromaich, cudthromaich. 3. be equiponderant to: cudthromaich. 4. weight: cothromaich. 5. oppress with weight: luchdaich, antromaich.

Poke, *s.* Poc, poca, sac, balg, màileid.

Poke, *v. a.* 1. Feel in the dark: smeuraich. 2. with a long instrument: rùraich, bùraich, brod.

Poker, *s.* Iarunn teallaich, bior-brodaidh.

Poking, *adj.* Saothrachail, tràilleil.

Pole, *s.* 1. A long staff: maide, cabar, cuaille. 2. erected: crann, crann dìreach. 3. a measure: cùig slat gu leth. 4. an instrument of measuring: slat-tomhais. 5. of the earth: mul, mul-chuairt.

Poleaxe, *s.* Tuadh-catha, tuadh-sleagha.

Polecat, *s.* Fochdalan, taghan.

Polemic, Polemical, *adj.* Conspoideach, comh-strìtheach.

Polemic, *s.* Conspoidiche, deasboir.

Polestar, *s.* Reul iùil, reul na h-àirde tuath.

Police, *s.* Riaghladh baile, no, dùthcha.

Policed, *adj.* Riaghailteach, riaghailtichte.

Policy, *s.* 1. Art of government: innleachd riaghlaidh. 2. art, prudence: seòltachd, stiùradh, steòrnadh, crionntachd, gliocas. 3. stratagem: innleachd, cuilbheart. (In Scotland) pleasure-grounds: pàircean, grinn-fhaiche.

Polish, *v. a.* et *n.* 1. Smooth, gloss: lìomh, lìomhaich, sgèimhich. 2. make elegant of manners: oileanaich, dean cùirteil. 3. answer to the act of polishing: gabh lìomhadh.

Polish, *s.* 1. Artificial gloss: lìomhadh, loinnireachd, lìomhachd. 2. of manners: eireachdas, cùirtealachd, àrd-mhodh.

Polishable, *adj.* So-lìomhaidh.

Polisher, *s.* Fear-lìomhaidh.

Polite, *adj.* 1. Glossy, smooth: lìomhta, lìomhaidh. 2. elegant of manners: cùirteil, modhail, àrd-mhodhail.

Politely, *adv.* See Polite.

Politeness, *s.* Modhalachd, àrd-mhodhalachd, cùirtealachd.

Politic, *adj.* 1. See Political, 1. 2. prudent, versed in affairs: eòlach, sicir, eagnaidh. 3. artful, cunning: carach, cuilbheartach, cliùcach.

Politics, *s.* Innleachdan riaghlaidh, riaghladh.

Political, *adj.* 1. Relating to politics, civil: riaghailteach, a bhuineas do eòlas riaghlaidh. 2. cunning, skilful: carach, seòlta, domhain, cliùcach.

Politically, *adv.* See Political.

Politician, *s.* 1. One versed in the arts of government: fear eòlach mu riaghladh, fear ealanta an innleachdaibh riaghlaidh. 2. a man of artifice: neach seòlta, neach cuilbheartach, fear-cliùcach.

Politure, *s.* Lìomh, lìomhadh.

Polity, *s.* 1. A form of government: modh riaghlaidh, riaghladh. 2. policy, art: seòltachd, sicireachd, cuilbheartachd.

Poll, *s.* 1. The head: ceann. 2. a catalogue: ainm-chlàr.

Poll, *v. a.* 1. Lop trees: sgud, beàrr, sgath dheth. 2. cut hair: beàrr. 3. mow, crop: buain, gearr.

4. plunder: spùinn, creach, lom. 5. take a list: gabh ainmean, sgrìobh ainmean. 6. enter one's name in a list: sgrìobh ainm. 7. insert into a number as a voter: gabh, gabh a stigh.

POLLARD, *s.* 1. A tree lopped: craobh bheàrrta. 2. a clipped coin: bonn lomta. 3. a stag that has cast his horns: damh maol. 4. a mixture of bran and meal: garbhan, pronn.

POLLARD, *v. a.* See Poll, *v.* 1.

POLLED, *adj.* et *part.* Maol.

POLLEN, *s.* Min, no, duslach ìus, flùr.

POLLER, *s.* 1. A barber: bearradair. 2. a pillager: spùinneadair, creachadair.

POLLOCK, *s.* Saoidhean, cudaig.

POLLUTE, *v. a.* Truaill, salaich, dean neo-ghlan, dean ciontach, measgaich le salchar.

POLLUTED, *part.* et *adj.* Truaillte, salaichte, neo-ghlan, truaillidh.

POLLUTEDNESS, *s.* Truailleachd, sailchead, neo-ghloine.

POLLUTER, *s.* Fear-truaillidh, fear-salachaidh.

POLLUTION, *s.* 1. Act of defiling: truailleachd, salachadh. 2. state of being defiled, defilement: truaillidheachd, neo-ghloine.

POLT-FOOT, *s.* Cos-cham, cos spliùgach.

POLT-FOOTED, *adj.* Cam-chosach, spliùgach, spad-chosach.

POLTRON, *s.* Gealtair, cladhair, trusdair, sìochair, bleideir.

POLTRON, *adj.* Gealtach, cladhaireach, trusdarach.

POLY, *prefix.* Focal Greugach: iom, iomadh, iomad-aidh.

POLYANTHOS, *s.* Sobhrach gheamhraidh.

POLYGAMY, *s.* Ioma-phòsadh, iomadaidh bhan aig aon duine.

POLYGLOT, *adj.* Iom-chainnteach.

POLYGON, *s.* Ioma-cheàrnag.

POLYPOUS, *adj.* Iom-chosach.

POLYPUS, *s.* 1. In the nostrils: gnè ghuirein 's a' chuinnean. 2. a sea animal: bloinig nan daoine marbha.

POLYSYLLABIC, POLYSYLLABICAL, *adj.* Ioma-shiollach.

POLYSYLLABLE, *s.* Iom-shiolladh.

POLYTHEISM, *s.* Teagasg, no creidimh Pàganach nan iomadh dia.

POLYTHEIST, *s.* Fear-aoraidh do iomadh dia.

POMACE, *s.* Treasg ùbhlan.

POMACEOUS, *adj.* Ubhalach, ubhlach.

POMADE, *s.* Ola chinn, ola fuilt.

POMATUM, *s.* Ungadh fuilt.

POME, *v. n.* Fas cruinn mar ubhal.

POMEGRANATE, *s.* Gràn-ubhal.

POMMEL, *s.* Cnap, ploc, mall cruinn, ceann diollaide.

POMMEL, *v. a.* Slad, slachduinn, gréidh, bruth, pronn.

POMP, *s.* 1. A procession: greadhnachas, sealladh greadhnach. 2. splendour, pride: àrdan, mòr-bheachd, uaill, mòr-chuis.

POMPOSITY, *s.* Àrdan, uaill, spagluinn, mòr-chuis.

POMPOUS, *adj.* Àrdanach, mòrchuiseach, mòralach, beachdail, uailleil.

POMPOUSLY, *adv.* See Pompous.

POMPOUSNESS, *s.* Àrdanachd, mòr-chuiseachd, mòralachd, beachdalachd.

POND, *s.* Linne, lochan, poll, uisge tàimh.

POND, *v. a.* See Ponder.

PONDER, *v. a.* et *n.* Smuainich air, smuainich, beachd-smuainich, thoir fainear, fidrich, cnuasaich.

PONDERER, *s.* Fear-beachd-smuaineachaidh, fear-cnuasachaidh.

PONDEROUS, *adj.* 1. Heavy, weighty: cudthromach, trom. 2. important, momentous: cudthromach, cùramach. 3. forcible, strongly impulsive: neartmhor, làidir.

PONDEROUSLY, *adv.* See Ponderous.

PONDEROUSNESS, *s.* Cudthromachd, truime, neartmhorachd, truimead.

PONENT, *adj.* Iar, 's an àirde 'n iar.

PONIARD, *s.* Biodag, cuinnsear.

PONIARD, *v. a.* Biodagaich, sàth ann.

PONK, *s.* Taibhse, tannasg, bòcan oidhche.

PONTAGE, *s.* Cìs drochaid.

PONTIFF, *s.* 1. A priest: sagart, àrd-shagart. 2. the pope: am pàpa.

PONTIFICAL, *adj.* 1. Belonging to an high-priest: àrd-shagartach. 2. popish: pàpach, pàpanach. 3. magnificent: greadhnach, deas-ghnathach.

PONTIFICAL, *s.* 1. A book: leabhair dheas-ghnath nam pàpanach. 2. dress and ornament of a priest or bishop: éididh sagairt, culaidh shagairt.

PONTIFICALLY, *adv.* See Pontifical.

PONTIFICATE, *s.* Pàpachd, pàpanas, pàpanachd.

PONTIFICIAL, *s.* Pàpanach.

PONTIFIC, *adj.* Sagartach, pàpanach.

PONTON, *s.* Drochaid air snàmh.

PONY, *s.* Gearran, each beag, pònaidh.

POOL, *s.* See Pond.

POOP, *s.* Deireadh luinge.

POOR, *adj.* 1. Indigent: bochd, aimbeartach, ainnis. 2. trifling: mìodhoir, ìosal, suarach. 3. paltry, mean: tàireil, suarach, mìodhoir, leibideach. 4. unimportant: neo-shuimeil, neo-ñitheach. 5. unhappy, pitiable: aimhleasach, truagh, doilghiosach. 6. mean, depressed: ìosal, ainnis, ainniseach. 7. (a word of tenderness) dear: gaolach. 8. not good: neo-bhrìoghmhor, neo-fheumail. 9. (a word of slight contempt) wretched: leibideach. 10. the *poor*: na bochdan, na h-ainnis. 11. barren, dry: aimrid, cruaidh. 12. starved, emaciated: bochd, caol, seang. 13. without spirit, flaccid: marbh, marbhanta.

POORLY, *adv.* See Poor.

POORLY, *adj.* Euslainteach, breòite, tinn, euslan.

POORNESS, *s.* 1. Poverty, indigence, want: bochduinn, aimbeart, uireasbhuidh, ainniseachd. 2. meanness, lowness: ìsleachd, tàirealachd, mìodhoireachd. 3. want of capacity: cuingead, cumhannachd, neo-chomas, laigse. 4. sterility: aimrideachd, cruas.

POORSPIRITED, *adj.* Tàir, mìodhoir, cladhaireach.

POORSPIRITEDNESS, *s.* Tàire, tàireachd, mìodhoireachd, cladhaireachd.

POP, *s.* Sgailc, bradh, braghadh.

POP, *v. a.* et *n.* 1. Put out or in, suddenly, slily,

or unexpectedly: sgoilc, sgilig. 2. shift: cuir seachad, cuir dhiot. 3. move or enter with a quick and unexpected motion: sgiolc, giolc, leum.

Pop, *adv.* Gu grad, an clisgeadh, am plathadh.

Pope, *s.* Am pàpa.

Popedom, *s.* Pàpachd, pàpanachd, pàpanas.

Popeling, *s.* Pàpanach.

Popery, *s.* Pàpanachd, pàpanas.

Popgun, *s.* Gunna sgailc, gunna chuip.

Popinjay, *s.* 1. A parrot: piorraid, pigheid. 2. a woodpecker: snagan-daraich. 3. a trifling fop: gog-cheann, baoghalan.

Popish, *adj.* Pàpanach.

Popishly, *adv.* See Popish.

Poplar, *s.* Seòrsa dhe 'n chraobh chrithinn.

Poppy, *s.* Crom lus, codalan, lus-a-chodail.

Populace, Populacy, *s.* Pobull, sluagh, an cumanta, gràisg.

Popular, *adj.* 1. Vulgar, plebeian: cumanta, poibleach. 2. suitable to the common people: so-thuigsinn, soilleir. 3. beloved by the people: taitneach do 'n t-sluagh. 4. studious of the favour of the people: dèidheil air gean maith an t-sluaigh.

Popularity, *s.* 1. State of being favoured by the people: sluagh-thaitneachd. 2. what affects the vulgar: sluagh-ioghnadh, sluagh-ghabhaltachd.

Popularly, *adv.* See Popular.

Populate, *v. n.* Fàs lìonmhor, sìolaich, lìon le sluagh, àraich sluagh.

Population, *s.* Sluagh tìre, sluaghmhorachd, lìonmhoireachd, no àireamh sluaigh.

Populous, *adj.* Sluaghmhor, pobullach, lìonmhoir, mòr-shluaghach.

Populousness, *s.* See Populosity.

Porcelain, *s.* Criadh fhìnealta, soithichean crèadha grinne.

Porch, *s.* Sgàil-thigh, foir-dhorus.

Pore, *s.* Pòir, pòr, tollan-falluis, fàslach ro mheanbh 's a' chraicionn.

Pore, *v. a.* et *n.* 1. Examine, with *on:* sgrùd, geur-amhairc air, sir. 2. geur-amhairc, geur-sgrùd, dlùth-amhairc.

Poreblind, *adj.* Geàrr-fhradharcach.

Poriness, *s.* Lìonmhoireachd phòr, tolltachd.

Pork, *s.* 1. Swine's flesh unsalted: muic-fheoil, muic fheoil ùr. 2. a hog, a pig: muc, torc, uircean.

Porker, *s.* Muc, torc, uircean.

Porosity, *s.* See Poriness.

Porous, *adj.* Pòrach, tolltach, còsach, làn tholl.

Porpoise, Porpus, *s.* Péilig, muc-bhiorach, puthag.

Porridge, *s.* Brochan, easach, lite, lit.

Porringer, *s.* Truinnsear, mias.

Port, *s.* 1. A harbour: cala, acarsaid, port. 2. a gate: dorus, geata. 3. in a ship at which a gun is put out: toll gunna mhòir, toll-taoibh luinge. 4. air, mien: imeachd, iomchar, giùlan pearsa, tuar, coslas. 5. a kind of wine: fìon dearg.

Port, *v. a.* Iomchair, giùlain.

Portable, *adj.* 1. Manageable by the hand: so-laimhseachaidh. 2. carried from one place to another: so-iomchair, so-ghiùlain. 3. sufferable, supportable: so-ghiùlain, so-fhulang.

Portableness, *s.* So-ghiùlantachd, so-iomcharachd.

Portage, *s.* 1. Carriage: giùlan, iomchar. 2. the price of carriage: duais giùlain.

Portal, *s.* Dorus àrd, geata mòr.

Portass, *s.* Leabhar ùrnuigh.

Portcullis, Portcluse, *s.* Còmhladh dhìdinn, còmhla thogalach daingnich.

Portcullis, *v. a.* Druid, dùin.

Portend, *v. a.* Fàisnich, fiosaich, targaraich, roimh-fheuch, roimh-thaisbein.

Portension, *s.* Fàisneachd, fiosachd, targradh, roimh-fheuchainn, roimh-thaisbeanadh.

Portent, *s.* Droch comharradh, droch mhanadh, comharradh uilc.

Portentous, *adj.* 1. Foretokening ill: taragrach, droch-mhanachail, olc-bhagrach. 2. wonderful, in an ill sense: uamhasach, oillteil, eagalach.

Porter, *s.* 1. Of a gate: dorsair. 2. one who waits at the door to receive messages: gille-theach-daireachd. 3. one who carries burdens for hire: gille-eallaich, fear-eallaich. 4. a kind of strong beer: portair, leann Sasunnach.

Porterage, *s.* 1. Carriage: iomchar, giùlan. 2. paid for carriage: duais iomchair, luach-iomchair.

Portglave, *s.* Gille-claidheimh.

Porthole, *s.* See Port, *s.* 3.

Portico, *s.* Sgàilean, sràid chòmhdaichte.

Portion, *s.* 1. A part: earann, roinn, cuid. 2. an allotment, a dividend: cuibhrionn, cuid, roinn. 3. given to a child: dìleab, cuid leanaibh, dlighe. 4. a wife's fortune: tochradh.

Portion, *v. a.* 1. Divide, parcel: roinn. 2. endow with a fortune: thoir dlighe, no tochradh do.

Portioner, *s.* Fear roinn, fear dìolaidh.

Portliness, *s.* Stàtalachd, foghainteachd, riochdalachd, tomadachd, dòmhlachd.

Portly, *adj.* 1. Grand of mien: stàtail, riochdail. 2. bulky, swelling: tomadach, tiugh, dòmhail.

Portmanteau, *s.* Màileid, màileid turuis.

Portrait, *s.* Dealbh duine, riochd, samhladh.

Portrait, *v. a.* Dreach, tarruing dealbh.

Portray, *v. a.* 1. Paint: dreach, tarruing dealbh. 2. adorn with pictures: sgeadaich le dealbhaibh.

Portress, *s.* Ban-dorsair.

Porwigle, *s.* Ceanna-phollag.

Pory, *adj.* See Porous.

Pose, *s.* Cneatan, casad.

Pose, *v. a.* 1. Puzzle, put to a stand: cuir 'n a thosd, cuir an imcheist, cuir gu iom-chomhairle. 2. See Appose.

Poser, *s.* Fear ceasnachaidh, fear-rannsachaidh.

Posited, *adj.* Suidhichte, càirichte.

Position, *s.* 1. Situation: suidheachadh, ionad. 2. principle: ponc, ceann.

Positional, *adj.* Ionadach.

Positive, *adj.* 1. Not negative: fìor, fìrinneach. 2. absolute, not implied: dìreach, sònruichte, soilleir. 3. dogmatical: rag-bharalach, féin-bharalach. 4. settled by arbitrary appointment: suidh-

ichte, stéidhichte, socraichte, ùghdarrach. 5. certain, assured: dearbh-chinnteach, dearbhta.

Positively, *adv.* See Positive.

Positiveness, *s.* 1. Actualness: fìrinneachd, dearbhtachd, cinnteachd. 2. confidence: féinbharalachd, rag-bharalachd.

Posture, *s.* Suidheachadh, luidhe, ionad.

Posse, *s.* Buidheann, buidheann armaichte.

Possess, *v. a.* 1. As an owner: sealbhaich. 2. seize, obtain: glac, gabh seilbh air. 3. make master of: thoir seilbh air. 4. fill with something fixed: lìon. 5. have power over: sealbhaich, faigh uachdranachd air.

Possession, *s.* 1. State of owning: sealbhachadh, seilbh. 2. thing possessed: seilbh. 3. the internal operation of an unclean spirit: boile dheamhnaidh.

Possessioner, *s.* Sealbhadair, fear seilbh.

Possessive, *s.* Seilbheach, seilbheachail.

Possessor, *s.* Sealbhadair, fear-seilbhe.

Posset, *s.* Bainne binndichte.

Posset, *v. a.* Binndich.

Possibility, *s.* Urrainneachd, comas, comasachd, murrachd, so-dhèantachd.

Possible, *adj.* Comasach, so-dhèanaimh, so-dhèanta.

Possibly, *adj.* See Possible. See Perhaps.

Post, *s.* 1. A messenger: gille ruith, gille-litrichean. 2. manner of travelling: cabhag, turus cabhagach. 3. situation, seat: dreuchd. 4. military station: ionad freiceadain. 5. place, employment, office, dreuchd, àite, gnothuch. 6. a piece of timber set erect: post.

Post, *v. n.* Dean turus cabhagach.

Post, *v. a.* 1. Fix opprobiously on posts: masluich le sanas sgrìobhta, nàraich gu folluiseach. 2. place, fix: suidhich, socruich, daingnich. 3. register methodically: cuir sìos an òrdugh, ath-sgrìobh.

Postable, *adj.* See Portable.

Postage, *s.* Pàidheadh litreach, duais giùlain litreach.

Postboy, *s.* Gille-ruith, fear-carbaid rathaid.

Postchaise, *s.* Carbad rathaid, carbad duaise.

Poster, *s.* Gille ruith, teachdaire cabhagach.

Posterior, *adj.* Deireannach, air deireadh, air cùl.

Posteriors, *s.* Leth-deiridh, màsan, tòn.

Posterity, *s.* Sliochd, clann, iarmad, gineal, linntean gu teachd.

Postern, *s.* Dorusan, dorus beag, frith-gheata.

Posthaste, *s.* Cabhag, deifir, gleus-ruith, gradshiubhal.

Posthorse, *s.* Each turuis, each tuarasdail.

Post-house, *s.* Tigh litrichean.

Posthumous, *adj.* An déigh bàis.

Postic, *adj.* O 'n taobh chùil, air a' chùlaobh, deireannach.

Postilion, *s.* Gille carbaid, greasadair each.

Postman, *s.* Gille ruith, gille litrichean.

Postmaster, *s.* Maigstir-phost, fear-tigh-litrichean.

Post-office, *s.* Tigh-litrichean.

Postpone, *v. a.* 1. Put off, delay: cuir dàil ann, cuir seachad, leig le. 2. with *to*: cuir am beag-phris.

Postponement, *s.* Dàil, màirneal, fadal.

Postscript, *s.* Fath-sgrìobhadh, foir-sgrìobhadh.

Postulate, *v. a.* 1. Beg, or assume without proof: gabh, no tog gun dearbhadh. 2. invite: gairm, guidh.

Postulate, *s.* Fìrinn gun dearbhadh, beachd gun dearbhadh.

Postulation, *s.* 1. Act of supposing without proof: togail gun dearbhadh, beachd gun dearbhadh. 2. supplication: asluchadh, tagradh, guidheadh. 3. suit, cause: cùis, cùis-thagraidh.

Posture, *s.* 1. Place, situation: àite, suidheachadh, luidhe. 2. of the parts of the body: luidhe, suidheachadh, suidhe, dòigh suidhe, no, seasaimh, no luidhe. 3. state, disposition: càil, mèinn.

Postūre, *v. a.* Suidhich, socraich.

Posy, *s.* 1. A motto: seud-sgrìobhadh, sgrìobhadh air fàinne, no, seud. 2. a bunch of flowers: blàthdhos, blàth-bhad.

Pot, *s.* 1. In which meat is boiled: poit, prais, coire, aghann. 2. to hold liquids: soitheach dibhe, soire. 3. made of earth: soitheach crèadha. 4. a cup: càirt dibhe, soitheach càirt. 5. Go to pot: rach as do, rach a dholaidh.

Pot, *v. a.* Cuir am poit, gléidh am poit.

Potable, *adj.* So-òlta, so-òlaidh.

Potash, *s.* Luath rainich.

Potation, *s.* 1. A drinking bout: pòit, pòiteachd. 2. a draught: balgum, tarruing, deoch. 3. species of drink: deoch, dibh.

Potato, *s.* Buntàta, bun-taghta.

Potbellied, *adj.* Bronnach, taigiseach, maodalach.

Potbelly, *s.* Brù mhòr, maodal air at.

Potch, *v. a.* et *n.* 1. Boil slightly: slaop. 2. thrust, push: pùc, sàth, dinn.

Potcompanion, *s.* Comh-phòitear, companach òil.

Potency, *s.* 1. Power, influence, authority: ùghdarras, uachdranachd. 2. efficacy, strength: neart, éifeachd, cumhachd.

Potent, *adj.* 1. Powerful, efficacious: neartmhor, cumhachdach, làidir, éifeachdach. 2. having great authority, or dominion: uachdranail, ùghdarrail, tighearnail, smachdail.

Potentate, *s.* Righ, àrd-uachdaran.

Potential, *adj.* 1. Existing in possibility: comasach, murrach, so-dhèanta. 2. having the effect without the actual property: buadhach, éifeachdach, neartmhor.

Potentiality, *s.* Comasachd, murrachd, so-dhèantachd.

Potentially, *adv.* See Potential.

Potently, *adv.* See Potent.

Potentness, *s.* Neartmhorachd, cumhachd, éifeachd, uachdranachd, tighearnas.

Potgun, *s.* Gunna beag, gunna sgailc.

Pothanger, *s.* Slabhruidh, cròcag, bùlais.

Pother, *s.* Buaireas, gleadhar, amhluadh, strì, duaichnidheachd.

Pother, *v. a.* et *n.* Dean gleadhraich, buair, tog buaireas, no amhluadh, thoir oidhirp dhìomhain.

Potherb, *s.* Poit-luibh, luidh-itheannaich.

Pothook, *s.* 1. See Pothanger. 2. ill formed or scrawled letters or characters: cam sgrìobadh, sgròbadh.

Pothouse, *s.* Tigh leanna.
Potion, *s.* Deoch, tarruing, dibh.
Potlid, *s.* Brod poite.
Potshard, } *s.* Slige-chreàdha, bloigh poite, crùisg-
Potsherd, } ean.
Pottage, *s.* Brochan, lite, biadh bruich.
Potter, *s.* Criadhadair.
Pottery, *s.* Criadhadaireachd, soithichean crèadha.
Pottle, *s.* Tomhas dibhe, ceithir pinntean.
Potulent, *adj.* Òlmhor, leth-mhisgeach.
Pouch, *s.* 1. A pocket: pòc, pòca, pòcaid. 2. a big belly, or paunch: maodal, brù mhòr, taigeas.
Pouch, *v. a.* 1. Pocket: cuir 'n ad phòc, cuir am pòca, pòcaich. 2. swallow: sluig, glam. 3. pout, hang down the lip: dean goill, cuir goill ort.
Pouchmouthed, *adj.* Goilleach, spliugach, spreilleach.
Poverty, *s.* 1. Want of riches: bochduinn, bochdas, ainnis, aimbeart. 2. meanness, defect: smal, uireasbhuidh, mìothaireachd.
Pouldavis, *s.* Cainb, aodach siùil.
Poult, *s.* Isean, isean eòin.
Poulter, } *s.* Fear reic eun.
Poulterer, }
Poultice, *s.* Fuar-lite, plàsd.
Poultice. *v. a.* Cuir plàsd ri, cuir fuar-lite ri.
Poultry, *s.* Cearcan, eòin thighe.
Pounce, *s.* 1. Of a bird of prey: spòg, cràg, ionga. 2. thrown on paper: gaineamh mhìn, gaineamh sgrìobhadaire. 3. cloth worked in eyelet holes: eudach tolltach, eudach fosgailte.
Pounce, *v. a.* 1. Work in eyelet holes: toll, oibrich 'n a thuill. 2. pour or sprinkle through small perforations: crath troimh thuill. 3. seize: teum, dean greim ingne air.
Pounced, *adj.* Iongnach, ionganach, spògach, cràgach.
Pound, *s.* 1. A weight: punnd. 2. of money: punnd. 3. a pinfold, an enclosure: punnd, mainnir, spréidh-ghainntir, fang.
Pound, *v. a.* 1. Beat, grind, as with a pestle: pronn, bruth, meil. 2. shut up, or imprison in a fold: fangaich, cuir am punnd.
Poundage, *s.* 1. A sum deducted: cìs puinnd, leagadh 's a' phunnd. 2. payment rated by the weight of the commodity: cìs cothroim, cìs-cudthroim. 3. of cattle in a pound: fangachadh, cur a stigh.
Pounder, *s.* 1. A sort of pear: seòrsa péir. 2. any person or thing denominated from a certain number of pounds: punndair. 3. a pestle: pronnadair, bruthadair. 4. of cattle: punndair.
Pour, *v. a.* 1. Let out of, or into a vessel: dòirt, taom. 2. give vent to, send forth: taom, cuir a mach. 3. stream, flow: dòirt, taom. 4. rush tumultuously: taom, sruth, dòirt gu cas, brùchd.
Pourer, *s.* Fear-taomaidh, taomadair.
Pourtray, *v. a.* See Portray.
Pout, *s.* 1. A kind of fish, a cod fish: bodach. 2. See Poult, *s.*
Pout, *v. n.* 1. Look sullen: cuir spliug ort, cuir gnoig ort, cuir spreill ort. 2. shoot out: croch a mach, croch sìos.
Powder, *s.* Fùdar, dus, duslach, smùr, sad.
Powder, *v. a.* 1. Reduce to dust: pronn, mìn-phronn, mìn-bhruth, dean 'n a smùr. 2. sprinkle: crath, cuir smùr air. 3. sprinkle with salt: crath salann air.
Powder flask, } *s.* Adharc, adharc-fhùdair.
Powder horn, }
Powdery, *adj.* Mìn, pronn, smùranach, brisg.
Power, *s.* 1. Command, authority: cumhachd, uachdranachd, smachd. 4. influence: cumhachd, comas, neart. 3. ability: comas, neart. 4. motive, force: neart. 5. of an engine: neart, comas. 6. animal strength: neart, comas. 7. of the mind: buaidh, comas, ceud-fath. 8. right of governing: uachdranachd, comas, ùghdarras, cumhachd, smachd. 9. sovereign, potentate: riaghlair, uachdaran, tighearn. 10. one invested with dominion: uachdaran, tighearn. 11. divinity: diadhachd. 12. host, army: feachd. 13. a large quantity, a great number: mòran, neart.
Powerful, *adj.* 1. Invested with command or authority: cumhachdach, ùghdarrail, smachdail. 2. forcible, mighty: neartmhor, cumhachdach, comasach, làidir. 3. efficacious: éifeachdach, làidir.
Powerfully, *adv.* See Powerful.
Powerfulness, *s.* Cumhachd, neartmhorachd, comasachd.
Powerless, *adj.* Lag, fann, lag-chuiseach.
Pox, *s.* 1. Pustules: breac, bòcais. 2. the venereal disease: an droch thinneas, clap, breac Fhrancach.
Poze, *v. a.* See Pose.
Practicability, *s.* Comasachd, so-dhèantachd.
Practicable, *adj.* Comasach, so-dhèanta, soghlacaidh.
Practicably, *adv.* See Practicable.
Practical, *adj.* Cleachdail, cleachdta, dèanadach, gnàthaichte.
Practically, *adv.* See Practical.
Practicalness, *s.* Cleachdalachd, dèanadachd.
Practice, *s.* 1. The habit of doing any thing: cleachdadh, àbhais. 2. customary use: àbhais, gnàths, gnàth, nòs. 3. dexterity: teòmachd, ealantachd. 4. actual performance: dèanamh, gnìomh, obair. 5. method, or art: seòl, innleachd, dòigh. 6. medical treatment: dòigh leighis. 7. of any profession: cleachdadh, gnàthachadh. 8. stratagem: cuilbheart, droch, innleachd.
Practic, *adj.* 1. Relating to action: cleachdach, dèanadach. 2. acquainted with: eòlach, teòma.
Practise, *v. a.* et *n.* 1. Do habitually: cleachd, gnàthaich. 2. do, not merely to profess: dèan, cuir an gnìomh. 3. in order to dexterity: cleachd, gnàthaich. 4. draw by artifices: cleachd cuilbheart, meall. 5. form a habit of acting in any manner: dean cleachdadh dheth, foghluim cleachdamh. 6. transact secretly: oibrich gu dìomhair. 7. use bad arts or stratagems: cleachd cuilbheartan. 8. use methodical methods: gabh

seòl ri, gabh dòigh ri. 9. exercise any profession: cleachd, gnàthaich, cuir an gnìomh.

PRACTISANT, *s.* Dèanadair, fear-dèanaimh, fear-cleachdaidh.

PRACTISER, *s.* 1. One that practises any thing: fear-dèanaimh, fear-cleachdaidh. 2. one who prescribes medical treatments: fear leighis. 3. one who uses bad arts: fear cuilbheirt, fear carach, mealltair.

PRACTITIONER, *s.* 1. One engaged in the actual service of any art: fear céirde, fear gnothuich. 2. one who uses any sly or dangerous arts: fear cuilbheirt, mealltair. 3. one who does any thing habitually: fear-cleachdaidh.

PRAGMATIC, } *adj.* Meachranach, beadaidh, rud-
PRAGMATICAL, } anach, leamh.

PRAGMATICALLY, *adv.* See Pragmatic.

PRAGMATICALNESS, *s.* Meachranachd, beadhaidheachd, rudanachd, leamhachd.

PRAISABLE, *adj.* So-mholaidh, ion-mholta.

PRAISE, *s.* 1. Renown, fame, celebrity: cliù, urram, deadh ainm, deadh alladh, ainm, ainmealachd. 2. glorification, tribute of gratitude, laud: moladh, cliùthachadh, buidheachas. 3. ground or reason of praise: aobhar molaidh.

PRAISE, *v. a.* 1. Commend, applaud, celebrate: mol, cliùthaich. 2. glorify in worship: àrd-mhol, mol.

PRAISEFUL, *adj.* See Laudable.

PRAISELESS, *adj.* Neo-mholta, neo-chliùthaichte.

PRAISER, *s.* Fear-molaidh, fear-cliùthachaidh.

PRAISEWORTHINESS, *s.* Ion-mholtachd.

PRAISEWORTHY, *adj.* Ion-mholta, ion-mholaidh.

PRAME, *s.* Bàta leathann, sgoth leathann.

PRANCE, *v. n.* Leum, geàrr sùrdag, cémnich gu h-uallach.

PRANCING, *s.* Leumnaich, gearradh shùrdag, sùrdagaich.

PRANK, *v. a.* Sgèamhaich, breaghaich, grinnich, dean grinn.

PRANK, *s.* Cleas, cleasachd, meamnadh, mac-meamna, mire, beadradh, cuilbheart, droch cleas.

PRANK, *adj.* Cleasach, meamnach, mireagach, cuilbheartach.

PRATE, *v. n.* Dean goileam, dean lonais, dean faoin-chainnt, dean gobaireachd.

PRATER, *s.* Neach goileamach, fear goileim, fear bruidhneach, beul gun fhàitheam, gobair, glagair.

PRATING, *s.* Goileam, lonais, bruidhneachas, gobaireachd, glagaireachd.

PRATINGLY, *adv.* Gu goileamach, gu glagaireach, gu lonaiseach.

PRATTLE, *s.* See Prate, *s.*

PRATTLE, *v. n.* See Prate, *v.*

PRATTER, *s.* See Prater.

PRAVITY, *s.* Truaillidheachd, coiriptheachd, aingidheachd.

PRAXIS, *s.* See Practice, *s.*

PRAY, *v. a.* et *n.* Guidh, dean ùrnuigh, iarr, sir. I pray thee: guidheam ort.

PRAYER, *s.* Ùrnuigh, guidheadh, guidhe, iarrtas, athchuinge.

PRAYERBOOK, *s.* Leabhar ùrnuigh.

PRE, *prefix.* Focal Laidinn, Roimh, roimhe.

PREACH, *v. a.* et *n.* Searmonaich, dean searmon.

PREACHER, *s.* Searmonaiche.

PREACHING, *s.* Searmon, searmonachadh.

PREACQUAINTANCE, *s.* Roimh-eòlas, roimh-aithne.

PREADMONISH, *v. a.* Roimh-chomhairlich, roimh-earalaich.

PREAMBLE, *s.* Roimh-ràdh, roimh-sgrìobhadh.

PREAPPREHENSION, *s.* Roimh-bheachd, roimh-bharail.

PREAUDIENCE, *s.* Roimh-éisdeachd.

PRECARIOUS, *adj.* Neo-chinnteach, teagamhach, baoghalach.

PRECARIOUSLY, *adv.* See Precarious.

PRECARIOUSNESS, *s.* Neo-chinnteachd, teagamhachd, baoghalachd.

PRECAUTION, *s.* Faicill, furachras, roimh-aire, roimh-chùram.

PRECAUTION, *v. a.* Roimh-fheuch, roimh-chomhairlich, thoir rabhadh.

PRECEDE, *v. a.* Roimh-imich, rach roimhe, gabh toiseach air.

PRECEDENCE, } *s.* 1. Act or state of going before:
PRECEDENCY, } roimh-imeachd, toiseach. 2. adjustment of place: inbhe. 3. the foremost place in ceremony: toiseach, tùs. 4. superiority: roimh-inbhe, roimh-àit.

PRECEDENT, *adj.* Roimhe, air thoiseach, tùsach.

PRECEDENT, *s.* Roimh-riaghailt, riaghailt, eisimpleir.

PRECEDENTED, *adj.* Eisimpleireach.

PRECENTOR, *s.* Gille shalm, fear seinn, fear togail fuinn.

PRECEPT, *s.* Àithne, reachd, riaghailt.

PRECEPTIVE, *adj.* Reachdach, riaghailteach, àitheneil.

PRECEPTOR, *s.* Fear foghluim, oide-munaidh, oide-ionnsachaidh.

PRECINCT, *s.* See Boundary.

PRECIOUS, *adj.* Luachmhor, prìseil, daor. In irony, worthless: gun fhiù.

PRECIOUSLY, *adv.* See Precious.

PRECIOUSNESS, *s.* Luachmhorachd, prìsealachd.

PRECIPIECE, *s.* Cas leathad, cas-bhruthach, creag, cas-chreag.

PRECIPITANCE, } *s.* Caise, braise, cabhag, deifir,
PRETIPITANCY, } braisead, déine.

PRECIPITANT, *adj.* Cas, bras, dian, cabhagach, luath, neo-fhàicilleach.

PRECIPITANTLY, *adv.* See Precipitant.

PRECIPITATE, *v. a.* Tilg sìos, tilg an coinneamh a chinn, cabhagaich, deifrich.

PRECIPITATE, *v. n.* Tuit sìos, luidh sìos, sìolaidh gu grunnd.

PRECIPITATE, *adj.* See Precipitant.

PRECIPITATELY, *adv.* See Precipitate, *adj.*

PRECIPITATION, *s.* Tilgeadh sìos, tuiteam sìos, sìoladh sìos, caise, braise.

PRECIPITIOUS, *adj.* Cas, corrach, creagach.

PRECIPITOUS, *adj.* 1. Headlong, steep: cas, corrach. 2. hasty, sudden, rash: cas, bras.

PRECIPITOUSLY, *adv.* See Precipitous.
PRECIPITOUSNESS, *s.* See Precipitance.
PRECISE, *adj.* Poncail, puncail, eagnaidh, eagarach, fuirmeil, rudanach.
PRECISELY, *adv.* See Precise.
PRECISENESS, *s.* Poncalachd, puncalachd, eagnaidheachd, eagarachd, fuirmealachd.
PRECISIAN, *s.* Neach ro phuncail.
PRECISION, *s.* See Preciseness.
PRECLUDE, *v. a.* Dùin a mach, druid a mach, bac, cuir bacadh air.
PRECLUSION, *s.* Dùnadh a mach, druideadh a mach, bacadh, ṙoimh-bhacadh.
PRECLUSIVE, *adj.* Bacail, ṙoimh-bhacail, toirmeasgach.
PRECLUSIVELY, *adv.* See Preclusive.
PRECOCIOUS, *adj.* Ṙoimh-abuich, abuich ṙoimh 'n àm, luathaireach.
PRECOCIOUSNESS, *s.* Ṙoimh-abuichead, luathaireachd.
PRECOCITY, *s.* See Precociousness.
PRECOGNITION, *s.* Ṙoimh-fhiosrachadh, ṙoimh-fhidreachadh.
PRECOMPOSE, *v. a.* Dean ṙoimh làimh.
PRECONCEIT, *s.* Ṙoimh-bheachd, ṙoimh-bharail.
PRECONCEIVE, *v. a.* Ṙoimh-bheachdaich, ṙoimh-smuainich.
PRECONCEPTION, *s.* Roimh-bheachd, ṙoimh-bharail.
PRECONCERTED, *adj.* Ṙoimh-shuidhichte.
PRECONTRACT, *s.* Ṙoimh-chùmhnant, ṙoimh-shuidheachadh.
PRECONTRACT, *v. a.* Ṙoimh-chumhnantaich.
PRECURSE, *s.* Ṙoimh-ṙuith, ṙoimh-ṙuitheadh.
PRECURSOR, *s.* Ṙoimh-ṙuith-fhear.
PRECURSORY, *adj.* Ṙoimh-ṙuitheach.
PRECURSORY, *s.* Ṙoimh-ṙàdh.
PREDACEOUS, *adj.* Faobhach, creachach, spùinnteach.
PREDAL, PREDATORY, *adj.* Spùinnteach, reubannach, creachach, faobhach.
PREDECEASE, *v. a.* Ṙoimh-bhàsaich, ṙoimh-chaochail, faigh bàs ṙoimh 'n fhear eile.
PREDECESSOR, *s.* Sinnsear, fear ṙoimh-sheilbh, ṙoimh-shealbhadair.
PREDESTINARIAN, *s.* Creidmheach an ṙoimh-òrduchadh Dhé.
PREDESTINATE, *v. a.* Ṙoimh-òrduich.
PREDESTINATION, *s.* Ṙoimh-òrduchadh Dhé, ṙoimh-thaghadh Dhé.
PREDESTINATOR, *s.* See Predestinarian, *s.*
PREDESTINE, *v. a.* Ṙoimh-òrduich, ṙoimh-shònruich.
PREDETERMINATE, *adj.* Ṙoimh-òrduichte, ṙoimh-shònruichte.
PREDETERMINATION, *s.* Ṙoimh-òrduchadh, ṙoimh-shònrachadh.
PREDIAL, *adj.* Fearannach, a bhuineas do dh' fhearann.
PREDICABLE, *adj.* So-aithris, so-chur an céill mu ṅi, no, ṅeach.
PREDICAMENT, *s.* Cor, inbhe, ìre, gnè, òrdugh.
PREDICANT, *s.* Fear-aithris, fear-innseadh.
PREDICATE, *v. a.* et *n.* Abair, abair mu, innis, aithris, cuir an céill mu.
PREDICATE, *s.* Tuairisgeul, aithris, ràdh.
PREDICATION, *s.* Innseadh, aithris, cur an céill, iomradh.
PREDICT, *v. a.* Ṙoimh-innis, innis ṙoimh-làimh, ṙoimh-aithris.
PREDICTIVE, *adj.* Ṙoimh-innseach, ṙoimh-aithriseach.
PREDICTOR, *s.* Ṙoimh-innsear, fear-ṙoimh-innsidh, fàidh, fiosaiche.
PREDIGESTION, *s.* Ṙoimh-mheirbheadh, ṙoimh-chnàmh.
PREDILECTION, *s.* Ṙoimh-thlachd, ṙoimh-ghràdh.
PREDISPOSE, *v. a.* Ṙoimh-aom, ṙoimh-uidheamaich, ṙoimh-chàraich.
PREDISPOSITION, *s.* Roimh-aomadh, ṙoimh-uidheamachadh, ṙoimh-chàradh.
PREDOMINANCE, PREDOMINANCY, *s.* Barrachd, uachdranachd, làmh an uachdar, àrd-chomas, smachd, buaidh, ceannardas, ceannas.
PREDOMINANT, *adj.* Uachdranach, uachdranail, ceannasach, buadhach.
PREDOMINANTLY, *adv.* See Predominant.
PREDOMINATE, *v. a.* et *n.* Buadhaich, bi buadhach, glac ceannas, faigh ceannas.
PREELECT, *v. a.* Ṙoimh-thagh.
PREELECTION, *s.* Ṙoimh-thaghadh.
PREEMINENCE, *s.* Àrd-urram, òirdheirceas, àrd-inbhe, àrd-bhuaidh.
PREEMINENT, *adj.* Àrd-urramach, òirdheirc, àrd-inbheach, àrd-bhuadhach.
PREEMINENTLY, *adv.* See Preeminent.
PREENGAGE, *v. a.* Ṙoimh-chùmhnantaich, ṙoimh-chòrd, ṙoimh-cheangail.
PREENGAGEMENT, *s.* Ṙoimh-chùmhnant, ṙoimh-cheangal, ṙoimh-ghealladh.
PREESTABLISH, *v. a.* Ṙoimh-shuidhich, ṙoimh-shocruich.
PREESTABLISHMENT, *s.* Ṙoimh-shuidheachadh, ṙoimh-shocruchadh.
PREEXAMINATION, *s.* Ṙoimh-cheasnachadh, ṙoimh-ṙannsachadh.
PREEXIST, *v. n.* Bi ann ṙoimh ṅi, no, ṅeach eile.
PREEXISTENCE, *s.* Ṙoimh-bhith, ṙoimh-bheatha, ṙoimh-bheò.
PREEXISTENT, *adj.* Ṙoimh-bhitheach.
PREFACE, *s.* Ṙoimh-ṙàdh.
PREFACE, *v. a.* et *n.* Ṙoimh-abair, ṙoimh-aithris.
PREFACER, *s.* Sgrìobhadair ṙoimh-ṙàdh.
PREFATORY, *adj.* Ṙoimh-ṙàdhach.
PREFECT, *s.* Ceannaid, fear-dìona, fear-riaghlaidh.
PREFER, *v. a.* 1. More than another: thoir urram do, roghnaich, thoir an t-urram do. 2. exalt, raise: tog, àrdaich, thoir gu h-inbhe. 3. offer solemnly: tairg, thoir seachad am folluis. I prefer: is feàrr leam.
PREFERABLE, *adj.* Ion-roghnaidh, ion-rognachaidh, roghanach, taghta.
PEEFERABLENESS, *s.* Ion-ṙoghnaidheachd, roghanachd.
PREFERABLY, *adv.* See Preferable.
PREFERENCE, *s.* Roghann, roghnachadh, taghadh, roghanachd, urram.

PREFERMENT, *s.* Ardachadh, àrdachd, àrd-inbhe.
PREFIGURATE, *v. a.* Samhlaich, ṙoimh-shamhlaich, cum a mach.
PREFIGURATION, *s.* Samhlachadh, ṙoimh-shamhlachadh.
PREFIGURATIVE, *adj.* Ṙoimh-shamhlachail.
PREFIGURE, *v. a.* See Prefigurate.
PREFIX, *v. a.* 1. Appoint beforehand: ṙoimh-shònruich, ṙoimh-shuidhich. 2. settle, establish: socruich, suidhich. 3. put before another: ṙoimh-chuir, cuir ṙoimhe.
PREFIX, *s.* Ṙoimh-fhocal.
PREFORM, *v. a.* Ṙoimh-dhealbh, ṙoimh-chum.
PREGNABLE, *adj.* So-ghlacaidh.
PREGNANCE, *s.* 1. State of being impregnated: torrachas. 2. inventive power: innleachd, cnuasachd, tùr.
PREGNANCY, *s.* 1. With young: torrachas, leth-tromas, leth-tromachd. 2. fertility: torrachas, pailteachd. 3. inventive power: tùr, cnuasachd, teòmachd, innleachd.
PREGNANT, *adj.* 1. Breeding: torrach, torach, làn, trom. 2. fertile, impregnating: torach, tarbhach, sìolmhor. 3. full of consequence: tarbhach, cudthromach, àraidh.
PREGNANTLY, *adv.* See Pregnant.
PREINSTRUCT, *v. a.* Ṙoimh-ionnsuich, ṙoimh-theagaisg.
PREJUDGE, *v. a.* Ṙoimh-bhreithnich, thoir breth ṙoimh làimh.
PREJUDGMENT, *s.* Ṙoimh-bhreth, breth-ṙoimh laimh, claon-bhreth.
PREJUDICATE, *v. a.* et *n.* Ṙoimh-bhreithnich, thoir claon-bhreth, claon-bhreithnich.
PREJUDICATE, *adj.* Claon-bhreitheach.
PREJUDICATION, *s.* Claon-bhreithneachadh.
PREJUDICATIVE, *adj.* Claon-bhreitheach.
PREJUDICE, *s.* 1. Prepossession, judgment beforehand: ṙoimh-bhreith, claon-bhreth, claon-bhàigh. 2. mischief, detriment: cron, lochd, coire, dochann.
PREJUDICE, *v. a.* 1. Prepossess with unexamined opinions: cuir an droch bheachd, cuir an droch bharail, cuir an claon-bhreth. 2. obstruct or injure by prejudice previously raised: dochainn le ṙoimh-bhreth, no, le claon-bhreth. 3. injure or hurt: ciùrr, dochainn, lochdaich.
PREJUDICIAL, *adj.* 1. Obstructed by means of opposite prepossessions: claon-bhretheach, leth-bhretheach. 2. contrary, opposite: an aghaidh, an ceart aghaidh. 3. hurtful: cronail, ciùrrtach, lochdach, aimhleasach.
PREJUDICIALNESS, *s.* Cronalachd, lochdalachd, ciùrrtachd, aimhleasachd.
PRELACY, *s.* Easbuigeachd.
PRELATE, *s.* Easbuig.
PRELATESHIP, *s.* Easbuigeachd.
PRELATIC, PRELATICAL, *adj.* Easbuigeach.
PRELATICALLY, *adv.* See Prelatic.
PRELECTION, *s.* Searmon, searmonachadh, leughadh òraid.
PRELECTOR, *s.* Searmonaiche, leughadair òraid.
PRELIMINARY, *adj.* Tòiseachail, ceud-thùsach.
PRELIMINARY, *s.* Ceud-thus, toiseach, tùs-ghnothach.
PRELUDE, *s.* 1. Of music before a full concert: tùs-cheòl, buille chiùil. 2. something introductory: toiseach, tùs, ṙoimh-gnothach, ṙoimh-chùis.
PRELUDE, *v. a.* et *n.* 1. Play before: ṙoimh-chluich, tog fonn. 2. be previous to: gabh toiseach, ṙoimh-thaisbean.
PRELUSIVE, *adj.* Ṙoimh-làimh, ṙoimh-làimheach.
PRELUSORY, *adj.* Tòiseachail, tionnsgaineach, tùsach.
PREMATURE, *adj.* Ṙoimh-abuich, ṙoimh-thràthail, an-tràthail.
PREMATURELY, *adv.* See Premature.
PREMATURENESS, PREMATURITY, *s.* Ṙoimh-abuichead, ṙoimh-thràthalachd, an-tràthalachd.
PREMEDITATE, *v. a.* Ṙoimh-thionnsgain, ṙoimh-bheachdaich, ṙoimh-chnuasaich.
PREMEDITATE, *adj.* Ṙoimh-thionnsgaineach, ṙoimh-chnuasaichte.
PREMEDITATELY, *adv.* See Premeditate.
PREMEDITATION, *s.* Ṙoimh-thionnsgnadh, ṙoimh-bheachdachadh, ṙoimh-chnuasachadh.
PREMERIT, *v. a.* Ṙoimh-thoill, ṙoimh-choisinn.
PREMICES, *s.* Ceud thoradh.
PREMIER, *adj.* Prìomh, ceannardach, toiseach, àrd.
PREMIER, *s.* Ceannard chomhairleach, àrd-chomhairleach.
PREMISE, *v. a.* et *n.* 1. Explain previously: ṙoimh-mhìnich, leag stéidh-mhìneachaidh. 2. make antecedent propositions: tòisich, leag stéidh-làbhairt, ṙoimh-stéidhich.
PREMISES, *s.* 1. Antecedently supposed or proved: ṙoimh-ṅithe, ṙoimh fhìrinnean. 2. houses, or lands: tighean, aitreabh, fearann.
PREMIUM, *s.* Duais, duais barrachd, leasachadh duais, saor-dhuais.
PREMONISH, *v. a.* Ṙoimh-chomhairlich, ṙoimh-earalaich, thoir rabhadh.
PREMONSTRATE, *v. a.* Ṙoimh-thaisbean, ṙoimh-fheuch, ṙoimh-shoilleirich.
PREMONSTRATION, *s.* Ṙoimh-thaisbeanadh, ṙoimh-fheuchainn, ṙoimh-shoilleireachadh.
PREMUNITION, *s.* Ṙoimh-chunnuil.
PRENOMINATE, *v. a.* Ṙoimh-ainmich.
PRENOMINATE, *adj.* et *part.* Ṙoimh-ainmichte.
PRENOMINATION, *s.* Ṙoimh-ainmeachadh.
PRENOTION, *s.* Ṙoimh-aithne, ṙoimh-fhios.
PRENTICE, *s.* See Apprentice.
PRENTICESHIP, *s.* See Apprenticeship.
PREOCCUPATION, *s.* 1. Anticipation: ṙoimh-ghabhail. 2. See Prejudice, *s.* 1, 2.
PREOCCUPY, *v. a.* Ṙoimh-ghabh, ṙoimh-ghlac.
PREOMINATE, *v. a.* Ṙoimh-innis, ṙoimh-fheuch, dean fiosachd.
PREOPINION, *s.* Ṙoimh-bheachd, ṙoimh-bharail.
PREOPTION, *s.* Ṙoimh-ṙoghann, ceud ṙoghann.
PREORDAIN, *v. a.* Ṙoimh-òrduich, ṙoimh-shònruich.
PREORDINATE, *part. adj.* Ṙoimh-òrduichte, ṙoimh-shònruichte.

PREORDINATION, *s.* Ṙoimh-òrduchadh, ṙoimh-shònruchadh.

PREPARATION, *s.* 1. Act of preparing: uidheamachadh, deasachadh, ullachadh. 2. previous measures: ullachadh, tionnsgnadh, tionnsgnaidhean. 3. ceremonious introduction: ṙoimh-rabhadh, fàilte fhuirmeil. 4. by a regular process: ullachadh, gleusadh. 5. by process of operation: uidheam, acfhuinn.

PREPARATIVE, *adj.* Ullachail, deasachail.

PREPARATIVE, *s.* Ullachadh, uidheamachadh, gleusadh.

PREPARATORY, *adj.* Ullachail, ṙoimh-fheumail.

PREPARE, *v. a.* et *n.* Ullaich, uidheamaich, gleus, deasaich, dean réidh, réitich.

PREPAREDNESS, *s.* Ullamhachd, deisealachd.

PREPARER, *s.* Fear-ullachaidh, fear-réiteachaidh, fear-uidheamachaidh, fear-gleusaidh.

PREPENSE, *v. a.* Ṙoimh-smuainich, ṙoimh-bheachdaich, rùnaich.

PREPENSE, *adj.* Ṙoimh-smuainichte, ṙoimh-bheachdaichte, suidhichte, rùnaichte.

PREPONDERANCE, } *s.* Barrachd, barrachd cudthroim,
PREPONDERANCY, } cothrom, barrachd cothrom.

PREPONDERATE, *v. a.* et *n.* 1. Outweigh: cothromaich, thoir barrachd le cudthrom, ana-cudthromaich. 2. by stronger influence: faigh buaidh, buadhaich air, ceannsaich, faigh làmh an uachdar.

PREPOSE, *v. a.* Ṙoimh-chuir, cuir ṙoimh.

PREPOSITION, *s.* Ṙoimh-bhriathar, ṙoimh-fhocal, corr-fhocal.

PREPOSSESS, *v. a.* Ṙoimh-ghabh, ṙoimh-ghlac, ṙoimh-shealbhaich.

PREPOSSESSION, *s.* 1. Preoccupation: ṙoimh-sheilbh, ṙoimh-shealbhachadh. 2. See Prejudice, 1, 2.

PREPOSSESSOR, *s.* Ṙoimh-shealbhadair.

PREPOSTEROUS, *adj.* Docharach, baoghalta, iomrallach, amaideach, eu-céillidh.

PREPOSTEROUSLY, *adv.* See Preposterous.

PREPOSTEROUSNESS, *s.* Docharachd, baoghaltachd, iomrallachd, eu-céillidheachd.

PREREQUIRE, *v. a.* Ṙoimh-iarr, ṙoimh-thogair.

PREREQUISITE, *adj.* Ṙoimh-fheumail.

PREREQUISITE, *s.* Ṙoimh-ghoireas.

PRERESOLVE, *v. a.* Ṙoimh-ṙùnaich, ṙoimh-shuidhich.

PREROGATIVE, *s.* Sochair, dlighe, còir-dhlighe.

PREROGATIVED, *adj.* Aig am bheil còir dhligheach, dligheachail.

PRESAGE, *s.* Comharradh, sanas, manadh, fàisneachd.

PRESAGE, *v. a.* Ṙoimh-innis, ṙoimh-thaisbean, targair, dean fiosachd, thoir sanas.

PRESAGEFUL, *adj.* Targrach, manadhail, fiosachail, sanasach.

PRESAGER, *s.* Fear-targraidh, fiosaiche, fear-ṙoimh-innsidh.

PRESBYTER, *s.* Cléireach, fear cléire, ministeir, pears-eaglais.

PRESBYTERIAL, } *adj.* Cléireach, cléireachail.
PRESBYTERIAN, }

PRESBYTERIAN, *s.* See Presbyter.

PRESBYTERY, *s.* Cléir.

PRESCIENCE, *s.* Ṙoimh-eòlas, ṙoimh-fhiosrachd, ṙoimh-aithne.

PRESCIENT, } *adj.* Ṙoimh-fhiosrach, ṙoimh-eòlach,
PRESCIOUS, } fàisneachail.

PRESCRIBE, *v. a.* et *n.* Òrduich, àithn, seòl, thoir seòladh do, cuir ṙoimh.

PRESCRIBER, *s.* Fear-òrduchaidh, fear-àithnidh, fear-seòlaidh.

PRESCRIPT, *adj.* Òrduichte, àithnichte, seòlta.

PRESCRIPT, } *s.* Seòladh, òrdugh, riaghailt, riagh-
PRESCRIPTION, } ailt léigh.

PRESENCE, *s.* 1. State of being present: làthaireachd, làthair. 2. approach face to face to a great personage: dàil, còir, làthair. 3. a number assembled before a great person: làthair, sealladh. 4. mien, demeanour: dreach, tuar, aogas, dealbh, cruth. 5. room in which a prince shews himself: seòmar làthaireachd. 6. quickness at expedients: ealamhachd, teòmachd, tapachd.

PRESENSATION, } *s.* Ṙoimh-fhaireachadh, ṙoimh-
PRESENSION, } fhiosrachd, ṙoimh-bheachd.

PRESENT, *adj.* 1. Not absent, at hand: a làthair, dlùth, làthaireach, aig làmh. 2. not future: 's an àm, 's a' cheart àm. 3. quick in emergencies: ealamh, aig làmh. 4. favourably attentive, propitious: dlùth do, fàbharach, caoimhneil, taiceil 5. unforgotten, not neglectful: cuimhneach, an cuimhne. 6. not absent of mind, attentive: faicilleach, cùramach, furachail. 7. now under consideration: a làthair, 's a' bheachd, fuidh bheachd.

PRESENT, *s.* Tiodhlac, tiodhlacadh, gift, àraig.

PRESENT, *v. a.* 1. In the presence of a superior: thoir an làthair, cuir 's an làthair. 2. to view, or notice: nochd, taisbean, seall. 3. offer, exhibit: feuch, tairg, seall. 4. give formally and ceremoniously: tairg, tabhair. 5. favour with gifts: tìodhlaic, thoir seachad, thoir do. 6. prefer to ecclesiastical benefits: builich air, thoir còir do. 7. offer openly: tairg. 8. lay before a court: nochd, taisbean, thoir 's an fhianuis.

PRESENTABLE, *adj.* So-bhuileachaidh, so-thaisbeanaidh, so-ṅochdaidh.

PRESENTATION, *s.* Tairgsinn, buileachadh, tabhairt, taisbeanadh, nochdadh, cur 's an làthair.

PRESENTEE, *s.* Neach a fhuair còir air beathachadh eaglais.

PRESENTLY, *adv.* 'S a' cheart àm, an ceart uair, air an uair, gu grad, gu luath.

PRESENTIMENT, *s.* Ṙoimh-bheachd, ṙoimh-bharail, ṙoimh-fhaireachadh.

PRESENTMENT, *s.* Tabhairt, taisbeanadh, nochdadh, sealladh.

PRESENTNESS, *s.* Ealamhachd, cliseachd, graide, teòmachd, tapachd.

PRESERVABLE, *adj.* So-ghleidhidh, so-choimheid, so-thasgaidh.

PRESERVATION, *s.* Gleidheadh, coimhead, dìon, tasgaidh, saoradh, tèarnadh.

PRESERVATIVE, *s.* Cungaidh ghleidhidh, leigheas, cungaidh-leighis.

PRESERVE, *v. a.* 1. Save, defend from destruction, or any evil: saor, teasairg, dìon, tèarn, glèidh. 2.

season fruits, or other vegetables, with sugar, or pickles: gréidh, dean suas le cungaidhibh.

PRESERVE, *s.* Meas gréidhte, meas gléidhte.

PRESERVER, *s.* Fear-teasairginn, fear-dìonaidh.

PRESIDE, *v. n.* Riaghail, riaghailtich, bi air cheann.

PRESIDENCY, *s.* Riaghlaireachd, riaghladh, ceannardachd.

PRESIDENT, *s.* Fear-riaghlaidh, riaghlair, ceann-suidhe, fear ùghdarrais.

PRESIGNIFICATION, *s.* Ṙoimh-sheadh, ṙoimh-sheadhachadh, ṙoimh-chiallachadh.

PRESIGNIFY, *v. a.* Ṙoimh-sheadhaich, ṙoimh-chiallaich.

PRESS, *v. a.* et *n.* 1. Squeeze, crush: fàisg, bruth. 2. distress, crush with calamities: claoidh, sàruich. 3. constrain, compel: éignich, comh-éignich. 4. impose by constraint: cuir air, éignich air. 5. drive by violence: iomain, fògair. 6. with argument, or importunity: sparr, cuir impidh air. 8. compress, hug, as in embracing: fàisg. 9. act upon with weight: bruth. 10. with violence to any object: pùc, iarr air aghairt. 11. make invasion, encroach: thoir ionnsuidh. 12. urge with vehemence and importunity: cuir impidh air. 13. act upon, or influence: thoir air.

PRESS, *s.* 1. By which any thing is pressed or squeezed: bruthadair, inneal-bruthaidh, inneal fàsgaidh. A wine press: amar fìona. 2. with which books are printed: clòdh-chlàr. 3. crowd, tumult, throng: dòmhlachd, mùchadh. 4. violent tendency: déine, braise. 5. for clothes and other uses: sgeilp-lann. 6. a cheese press: fiodhan.

PRESSER, *s.* Fear-teannachaidh, fàisgeadair, bruthadair.

PRESSGANG, *s.* Buidhean ghlacaidh.

PRESSION, *s.* Bruthadh, fàsgadh.

PRESSMAN, *s.* 1. One who forces another into service: fear-glacaidh. 2. one who makes the impression of print by the press: fear-clòdh-bhualaidh.

PRESSMONEY, *s.* Airgiod-glacaidh.

PRESSURE, *s.* Bruthadh, fàsgadh, teannachadh, éigin, ainneart, comharradh.

PRESTIGES, *s.* Cleasachd, dubh-chleasachd, mealltaireachd.

PRESTIGIATION, *s.* Cleasachd, dubh-chleasachd, mealladh.

PRESTIGIOUS, *adj.* Cleasachail, dubh-chleasachail, cuilbheartach.

PRESTO, *adv.* Grad, gu grad, gu luath.

PRESUMABLE, *adj.* So-shaoilsinn, so-smuaineachaidh.

SUBSTANTIAL, *adj.* 1. Real: beò. 2. true, solid: fior, firinneach, brìgheil, brìoghmhor. 3. corporeal: corporra. 4. stout, strong: làidir, calma, tàbhachdach. 5. moderately wealthy: soaibhir, cothromach, taiceil.

SUBSTANTIALS, *s.* Cùisean tàbhachdach.

SUBSTANTIALITY, *s.* Corporrachd.

SUBSTANTIALLY, *adv.* See Substantial.

SUBSTANTIALNESS, *s.* Brìoghmhorachd, tàbhachd, greimealas.

SUBSTANTIATE, *v. a.* Dearbh.

STBSTANTIVE, *s.* Ainm.

SUBSTITUTE, *v. a.* Cuir an àite, cuir an ionad neach éile.

SUBSTITUTE, *s.* 1. One placed to act with delegated power: fear-ionaid. 3. a thing serving instead of another: ni an àite ni éile.

SUBSTITUTION, *s.* Cur an àite, cur an riochd, cur mar fhear-ionaid.

SUBTEND, *v. a.* Sìn mu choinneamh.

SUBTENSE, *s.* Còrd bogha.

SUBTER, *prep.* Fuidh.

SUBTERFUGE, *s.* Cur seachad, car, cleas, leisgeul.

SUBTERRANEOUS, *adj.* Fuidh thalamh.

SUBTILE, *adj.* 1. Thin: tana, caol. 2. nice, fine, delicate: grinn, caol, mìn, caoin, fìnealta. 3.

piercing, acute: geur, biorach. 4. cunning, artful: seòlta, carach, cuilbheartach, foilleil.

SUBTILELY, *adv.* See Subtile.

SUBTILIATE, *v. a.* Tanaich, dean tana.

SUBTILIATION, *s.* Tanachadh.

SUBTILTY, *s.* 1. Thinness, fineness: tainead, caoilead, fìnealtachd, grinneas. 2. refinement, too much acuteness: géire, tul-chuis. 3. cunning artifice: seòltachd, carachd, cuilbheartachd.

SUBTLE, *adj.* Seòlta, carach, innleachdach, geurinnleachdach, cuilbheartach.

SUBTLY, *adv.* See Subtle.

SUBTRACT, *v. a.* Thoir o, lughdaich.

SUBTRACTION, *s.* Toirt o, lughdachadh.

SUBTRAHEND, *s.* Àireamh an lughdachaidh.

SUBVERSE, *v. a.* Tilg bun os ceann, dìth-làraich, sgrios.

SUBVERSION, *s.* Tilgeadh bun os ceann, sgrios, milleadh.

SUBVERSIVE, *adj.* Millteach, sgriosail, a' tilgeadh bun os ceann.

SUBVERT, *v. a.* 1. Overthrow, overturn: tilg bun os ceann, tilg sìos, mill, sgrios. 2. corrupt: truaill, tilg bun os ceann.

SUBVERTER, *s.* Milltear, dith-mhilltear.

SUBURB, *s.* Fobhaile, frith-bhaile, bruach-bhaile.

SUCCEED, *v. a.* et *n.* 1. Follow: lean. 2. prosper: soirbhich. 3. follow in order: thigh an déigh. thigh an òrdugh. 4. come into the place of another: thig an àite. 5. terminate according to wish: soirbhich, cinnich. 6. go under cover: rach am fasgadh.

SUCCESS, *s.* Soirbheas, soirbheachadh, buaidh, sealbh.

SUCCESSFUL, *adj.* Sealbhach, soirbheasach, fortanach, àghmhor.

SUCCESSFULLY, *adv.* See Successful.

SUCCESSFULNESS, *s.* Soirbhe, soirbheas, àghmhorachd, sealbh.

SUCCESSION, *s.* 1. Series: fal-chiémneachadh, leanailt. 2. a lineage: sloinneadh, lorg-slighe. 3. the power or right of coming to an inheritance: còir sheilbh.

SUCCESSIVE, *adj.* Leanailteach, a' teachd an déigh a chéile.

SUCCESSIVELY, *adv.* See Successive.

SUCCESSIVENESS, *s.* Leanailteachd.

SUCCESSLESS, *adj.* Mi-shealbhach, mi-fhortanach.

SUCCESSOR, *s.* Comh-arba, fear-leanmhuinn, fear a leanas.

SUCCINCT, *adj.* Geàrr, goirid, cutach, cuimir, criosach.

SUCCINCTLY, *adv.* See Succinct.

SUCCINCTNESS, *s.* Giorrad.

SUCCORY, *s.* Cart-earbhain, lus an t-siùcair.

SUCCOUR, *v. a.* Cuidich, cobhair, còmhnaich, furtaich.

SUCCOUR, *s.* Cuideachadh, cobhar, còmhnadh, furtachd.

SUCCOURER, *s.* Fear-còmhnaidh, fear-cuideachaidh.

SUCCULENCE, } *s.* Brìoghmhorachd, sùghmhorachd.
SUCCULENCY, }

SUCCULENT, *adj.* Brìoghmhor, sùghmhor, sultmhor.

SUCH, *adj.* 1. Of that kind: a leithid, ionann, a shamhuil. 2. the same that: a leithid, a shamhuil.

SUCK, *v. a.* et *n.* Sùgh, deoghail, srùb, sùg, drùidh.

SUCK, *s.* 1. The act of sucking: deoghal, sùghadh, srùbadh. 2. milk given by females: bainne chìoch.

SUCKER, *s.* 1. Any thing that draws: inneal-tarruing, srùbair, uidheam sùghaidh, uidheam deoghail. 2. a young twig: fiùran, faillean, bailleag.

SUCKET, *s.* Milsean.

SUCKLE, *v. a.* Thoir cìoch, thoir bainne cìche, banaltrumaich, àraich, tog, macail.

SUCKLING, *s.* Cìocharan, naoidhean, maotharan.

SUCTION, *s.* Deoghal, sùghadh, sùgadh.

SUDDEN, *adj.* Obann, cabhagach, grad, cas.

SUDDENLY, *adv.* See Sudden.

SUDDENNESS, *s.* Obainne, graide.

SUDS, *s.* Cobhar sialuinn.

SUE, *v. a.* et *n.* 1. Prosecute by law: agair, tagair, thoir gu lagh. 2. follow, ensue: lean. 3. beg, entreat: asluich, sir, iarr, guidh.

SUET, *s.* Geir, blonag, saill.

SUETY, *adj.* Reamhar, sultmhor, blonagach.

SUFFER, *v. a.* et *n.* 1. Bear, undergo: fuiling, giùlain. 2. allow, permit: ceadaich, leig le. 3. undergo pain or punishment: fuiling.

SUFFERABLE, *adj.* So-ghiùlan, so-fhulang, so-iomchar.

SUFFERABLY, *adv.* See Sufferable.

SUFFERANCE, *s.* 1. Pain, inconvenience: fulang, fulangas, cràdh, doghruinn. 2. patience, moderation: foighidinn, giùlan. 3. toleration: ceadachadh, cead, comas.

SUFFERER, *s.* 1. One who endures pain: fear-fulaing, fulangaiche. 2. one who allows: fear-ceadachaidh.

SUFFERING, *s.* Fulang, fulangas.

SUFFICE, *v. a.* et *n.* 1. Afford, supply: sàsuich, riaraich. 2. satisfy: toilich, dean toilichte. 3. be enough, be sufficient: foghainn.

SUFFICIENCY, *s.* 1. State of being adequate to the end proposed: foghnadh, leòir, seiseachd. 2. qualification for any purpose: coimhliontachd, iomlanachd, iomchuidheachd. 3. competence, enough: foghnadh, leòir, pailteas, sàsuchadh.

SUFFICIENT, *adj.* Foghainteach, iomchuidh, cubhaidh, murrach, comasach, ni 's leòr.

SUFFICIENTLY, *adv.* See Sufficient.

SUFFOCATE, *v. a.* Tachd, mùch.

SUFFOCATE, *adj.* Tachdta, mùchta.

SUFFOCATION, *s.* Tachdadh, mùchadh.

SUFFOCATIVE, *adj.* Tachdach, mùchach.

SUFFRAGAN, *s.* Easbuig cuideachaidh.

SUFFRAGANT, *s.* Comh-oibriche, comh-chuidiche.

SUFFRAGE, *s.* 1. Vote: cuideachadh, guth taghaidh. 2. united voice in public prayer: ùrnuigh coimhthionail. 3. aid, assistance: cobhar, cuideachadh, còmhnadh.

SUFFUSE, *v. a.* Còmhdaich, sgaoil air.

SUFFUSION, *s.* Còmhdach, sgaoileadh thairis.

SUGAR, *s.* Siùcar.

SUGAR, *v. a.* 1. Season with sugar: milsich le siùcar, lìon le siùcar. 2. sweeten: milsich.

SUGGEST, *v. a.* 1. Hint, intimate: thoir sanas, thoir fios, thoir rabhadh, cuir an aire. 2. inform secretly: cogair.

SUGGESTION, *s.* Sanas, rabhadh, smèideadh, cagar, fios dìomhair.

SUICIDE, *s.* 1. Self-murder: féin-mharbhadh, féin-mhortadh. 2. a self-murderer: féin-mharbhaiche.

SUIT, *s.* 1. A set: buill iomlan. 2. clothes: deis. 3. regular order: òrdugh riaghailteach. 4. retinue, company: comh-chuideachd, luchd-comhaideachd. 5. a petition: iarrtas, athchuinge. 6. courtship: suiridh. 7. a cause in law: cùis.

SUIT, *v. a.* et *n.* 1. Fit, adapt to: freagair, comh-fhreagair, dean freagarrach, dean iomchuidh. 2. be fitted: freagair, comh-chòrd. 3. dress: sgeadaich, uidheamaich, deasaich. 4. agree, accord: comh-chòrd, bi freagarrach.

SUITABLE, *adj.* Freagarrach, comh-fhreagarrach, comh-chòrdach, iomchuidh.

SUITABLENESS, *s.* Freagarrachd, comh-fhreagarrachd, iomchuidheachd.

SUITABLY, *adv.* See Suitable.

SUITER, SUITOR, *s.* 1. A petitioner: iarrataich, iarradair, fear-asluchaidh. 2. a wooer: suiridheach.

SUITRESS, *s.* Ban-iarradair.

SULKILY, *adv.* See Sulky.

SULKINESS, *s.* Gruamachd, mùig, iargaltachd, iargaltas.

SULKY, *adj.* Gruamach, amhaidh, goilleach, mùgach, iargalta, gnogach, coimheach, duairceach, neo-aoidheil.

SULLEN, *adj.* 1. Gloomily angry: gruamach, amhaidh, goilleach, doirionta, feargach, doirbh, gnù. 2. mischievous, malignant: doirbh, gamhlasach, mìo-ṙunach. 3. intractable: dearrasach, dùr, reasgach, danarra. 4. gloomy: dorch, doilleir, neulach, gruamach. 5. dull, sorrowful: muladach, airsnealach, cianail.

SULLENLY, *adv.* See Sullen.

SULLENNESS, *s.* Gruamachd, iargaltas, coimheachas.

SULLENS, *s.* Dod, stuirt.

SULLY, *v. a.* Salaich, truaill, cuir sal air, beubanaich.

SULLY, *s.* Sal, salchar, ball dubh.

SULPHUR, *s.* Pronnasc.

SULPHUREOUS, SULPHUROUS, *adj.* Pronnasgach.

SULTAN, *s.* Righ nan Turcach.

SULTRINESS, *s.* Bruichealachd, bruthainn.

SULTRY, *adj.* Teth, bruicheil, murtaidh, bruthainneach, blàth.

SUM, *s.* 1. The whole: sùim, an t-iomlan, làn àireamh, àireamh. 2. of money: sùim, cunntas. 3. compendium: giorradan, sùim. 4. result of reasoning or computation: sùim, brìgh. 5. completion: àirde, iomlaine.

SUM, *v. a.* 1. Compute: àireamh, sùim, cuir suas, cunnt. 2. comprise, comprehend: cuir suas, cuir cuideachd, cruinnich.

SUMLESS, *adj.* Do-àireamh, do-chunntaidh.

SUMMARILY, *adv.* See Summary.

SUMMARY, *adj.* Gèarr, goirid, aithghearr.

SUMMARY, *s.* Giorradan, giorrachadh, cunntas gèarr, sùim, brìgh.

SUMMER, *s.* 1. The season: samhradh. 2. of a floor: sail urlair.

SUMMER, *v. a.* et *n.* 1. Keep warm: blàthaich, cum blàth. 2. pass the summer: caith an samhradh.

SUMMERSET, *s.* Car a' mhuiltein.

SUMMIT, *s.* Mullach, bàrr, bidein, creachan.

SUMMON, *v. a.* Cite: gairm gu cùirt, gairm gu ceartas, òrduich. 2. excite, call up: dùisg gairm, tog suas, caraich, brosnaich.

SUMMONER, *s.* Maor, fear-gairm.

SUMMONS, *s.* Gairm gu cùirt, fios gu mòd.

SUMPTER, *s.* Tràill each.

SUMPTUARY, *adj.* A bhuineas do chosdas.

SUMPTUOUS, *adj.* Cosdail, greadhnach, stròdhail.

SUMPTUOUSLY, *adv.* See Sumptuous.

SUMPTUOUSNESS, *s.* Cosdalachd, greadhnachas, struidhealachd, ana-caitheamh.

SUN, *s.* Grian.

SUN, *v. a.* Grianaich, cuir ṙi gréin, caoinich.

SUN-BEAM, *s.* Gath-gréine.

SUNBURNT, *adj.* Grian-ṙoisgte, loisgte leis a' ghréin.

SUNDAY, *s.* Di-dòmhnuich, là na sàbaid.

SUNDER, *v. a.* Sgoilt, sgar, dealaich.

SUNDER, *s.* Dà ṙeth, dà chuid.

SUNDEW, *s.* Lus-na-fèarnaich.

SUNDIAL, *s.* Uaireadair-gréine.

SUNDRY, *adj.* Liuthad, iomad, iomadh, eug-samhuil.

SUNFLOWER, *s.* Lus-na-gréine, grian-nòinean.

SUNK, *part.* Air dol fuidhe.

SUNLESS, *adj.* Gun ghrian, gun teas, gun bhlàths.

SUNNY, *adj.* Grianach, deisear, deisearach.

SUNRISE, SUNRISING, *s.* 1. Morning, the appearance of the sun: maduinn, éiridh na gréine. 2. east: ear.

SUNSET, *s.* 1. Evening: feasgar, luidhe na gréine. 2. west: iar.

SUNSHINE, *s.* Dèarsadh na gréine.

SUNSHINE, SUNSHINING, *adj.* Grian-dhealrach, grianach.

SUP, *v. a.* et *n.* Drink by mouthfuls: òl balgum. 2. treat with supper: thoir suipeir. 3. eat supper: gabh suipeir, ith suipeir.

SUP, *s.* Làn beòil, balgum.

SUPERABLE, *adj.* So-cheannsachaidh, so-chìosnachaidh.

SUPERABOUND, *v. n.* Cuir thairis, bi ṙo làn bi ṙo phailt.

SUPERABUNDANCE, *s.* Cus, tuilleadh 's a' chòir.

SUPERABUNDANT, *adj.* Anabarrach, mo 's làn.

SUPERADD, *v. a.* Cuir ṙi.

SUPERANNUATE, *v. a.* Lagaich le h-aois, meas mò 's sean.

SUPERANNUATION, *s.* Toirt thairis le h-aois.

SUPERB, *adj.* Stàideil, mòr, greadhnach, bàsdalach.

SUPERBLY, *adv.* See Superb.

SUPERCARGO, *s.* Fear-cùraim luchd luinge.

SUPERCILIOUS, *adj.* Uaibhreach, àrdanach, ceannsalach, smachdail.

SUPERCILIOUSLY, *adv.* See Supercilious.
SUPERCILIOUSNESS, *s.* Uaibreachas, àrdan, uaill.
SUPEREROGATE, *v. a.* Dean bàrr-ghnìomh.
SUPEREROGATION, *s.* Bàrr-ghnìomh.
SUPERFICIAL, *adj.* 1. On the surface: uachdarach, air uachdar. 2. shallow: tana, sgàileach, faoin. 3. not learned: leth-ionnsuichte, air bheag eòlais, eu-domhain.
SUPERFICIALLY, *adv.* See Superficial.
SUPERFICIES, *s.* Uachdar, taobh muigh.
SUPERFINE, *adj.* Fìor ghrinn, fior-fhìnealta, ro fhìnealta.
SUPERFLUITY, *s.* Cus, tuilleadh 's a' chòir, an-iomadachd, anabarrachd, iomadaidheachd.
SUPERFLUOUS, *adj.* Anabarrach, mò 's pailt, an-iomadaidh.
SUPERFLUX, *s.* Còrr, barrachd.
SUPERINDUCE, *v. a.* Thoir a stigh, cuir ri.
SUPERINTEND, *v. a.* Amhairc thairis, seòl, riaghail, marasglaich.
SUPERINTENDENCE, SUPERINTENDENCY, *s.* Amharc thairis, riaghladh, marasglachadh, marasglachd.
SUPERINTENDENT, *s.* Marascal, marasgal, feumannach, riaghlair.
SUPERIORITY, *s.* Uachdranachd, barrachd, ceannas, ceannardachd.
SUPERIOR, *adj.* 1. In dignity or excellence: a 's àirde, a 's feàrr, a 's measaile. 2. locally: a 's àirde, os ceann. 3. unconquered: do-cheannseaichte, buadhach.
SUPERIOR, *s.* Uachdaran, ceannard, riaghlair.
SUPERLATIVE, *adj.* A 's feàrr, sàr, gun choimeas.
SUPERLATIVELY, *adj.* Gu ro fheàrr, gu ro òirdheirc.
SUPERLATIVENESS, *s.* Barrachd.
SUPERNAL, *adj.* Nèamhuidh.
SUPERNATURAL, *adj.* Mìorbhuileach, os ceann nàduir.
SUPERNUMERARY, *adj.* Thar an àireamh, còrr.
SUPERSCRIBE, *v. a.* Cùl-sgrìobh.
SUPERSCRIPTION, *s.* Cùl-sgrìobhadh.
SUPERSEDE, *v. a.* Cuir a thaobh, cuir air cùl, cuir seachad.
SUPERSTITION, *s.* Saobh-chreidimh, saobh-chràbhadh.
SUPERSTITIOUS, *adj.* Saobh-chreidmheach, saobhchràbhach.
SUPERSTITIOUSLY, *adv.* See Superstitious.
SUPERSTRUCT, *v. a.* Tog, tog air.
SUPERSTRUCTION, *s.* Togail air, togail.
SUPERSTRUCTIVE, *adj.* Togta os ceann.
SUPERVENE, *v. n.* Thig thar a' chòir.
SUPERVISOR, *s.* Fear-sealltuinn thairis, fear-sùla, marascal.
SUPINE, *adj.* 1. Lying with the face upward: a' luidh' air an druim. 2. negligent, careless: leasg, neo-chùramach, dìomhanach, trom-cheannach.
SUPINELY, *adv.* See Supine.
SUPINENESS, *s.* 1. Posture with the face upward: sìneadh air druim. 2. drowsiness: slaodaireachd, maidheanachd, tromsanaich.
SUPPER, *s.* Suipeir.
SUPPLANT, *v. a.* 1. Trip up the heels: tilg casan os ceann. 2. by stratagem: toll fodha, cuir a mach, cuir á àite. 3. overpower: cuir air falbh, dìth-làraich.
SUPPLE, *adj.* 1. Pliant: sùbailt, lùbach. 2. yielding, soft: strìochdail, maoth, so-ghéillidh. 3. flattering: miodalach, sodalach, beulchair.
SUPPLEMENT, *s.* Leasachadh, cur ri, foir-lionadh.
SUPPLENESS, *s.* 1. Pliantness: sùbailteachd. 2. facility: soirbheachd, géilleadh.
SUPPLIANT, *s.* Iarradair, fear-guidhe, fear-athchuinge.
SUPPLIANT, *adj.* Iarratach, ag asluchadh, a' griosad.
SUPPLICANT, *s.* See Suppliant, *s.*
SUPPLICATE, *v. n.* Asluich, guidh, grios, iarr.
SUPPLICATION, *s.* Asluchadh, guidhe, griosad, athchuinge, ùrnuigh.
SUPPLY, *v. a.* 1. Fill up deficiencies: dean suas, tabhair, builich. 2. give something wanted: builich, bàirig, cuidich. 3. serve instead of: seas air son, dean àite. 4. fill room made vacant: lìon. 5. furnish: builich, thoir seachad.
SUPPLY, *s.* Comh-leasachadh, deanamh suas, cuideachadh.
SUPPORT, *v. a.* 1. Sustain, prop: taic, cum suas, prop, dean cùl-taic ri. 2. endure: fuiling, seas fuidh.
SUPPORT, *s.* 1. Act or power of sustaining: taic, cumail suas, propadh. 2. prop: taic, prop, curaing, cùrainn. 3. necessaries of life: teachd an tìr, cumail suas.
SUPPORTABLE, *adj.* So-ghiùlan, so-fhulang, so-iomchar.
SUPPORTER, *s.* 1. One that supports: fear-cumail suas, fear-taice, cùlanach. 2. prop: taic, cùrainn, cùraing. 3. sustainer: comfhurtair, fear-cuideachaidh. 4. maintainer, defender: fear-dìona, dìdeannair.
SUPPOSABLE, *adj.* So-shaoilsinn, so-smaoineachaidh.
SUPPOSAL, *s.* Barail, saoilsinn.
SUPPOSE, *v. a.* Saoil, smaoinich, baralaich.
SUPPOSITION, *s.* Barail, saoilsinn, smaoin.
SUPPOSITIOUS, *adj.* 1. Not genuine: aimh-riochdach, meallta, breugach. 2. imaginary: neo-chinnteach, a réir barail.
SUPPOSITIOUSNESS, *s.* Aimh-riochd, mealladh.
SUPPRESS, *v. a.* 1. Overpower: sàruich, claoidh, cum fodha, bruth. 2. conceal, tell not: ceil, folaich. 3. keep in, let not out: cum a stigh, bac.
SUPPRESSION, *s.* 1. The act of suppressing: sàruchadh, claoidh, cumail fodha, bruthadh. 2. not publication: cleith, folachadh, mùchadh.
SUPPRESSOR, *s.* Fear-cumail fodha, fear-muchaidh, fear-cleith, fear-folachaidh.
SUPPURATE, *v. a.* Iongraich, leannaich.
SUPPURATION, *s.* 1. Of a tumour: iongrachadh, iongarachadh, leannachadh. 2. the matter suppurated: iongar.
SUPRA, *prep.* Roimh, os ceann.
SUPREMACY, *s.* Àrd inbhe, àrd uachdranachd, cumhachd a 's àirde, àrd-cheannas.
SUPREME, *adj.* Àrd, a 's àirde, a 's ro-mhò, os ceann nan uile, àrd-chomasach.
SUPREMELY, *adv.* See Supreme.

SURCEASE, *v. a.* et *n.* 1. Put to an end: cuir stad air, cuir crìoch air. 2. be at an end: stad, crìochnaich. 3. leave off: sguir, stad.

SURCEASE, *s.* Sgur, stad, fois, clos, anail.

SURCHARGE, *v. a.* An-luchdaich, an-tromaich.

SURCHARGE, *s.* An-tromachadh, foir-lionadh, an-luchd.

SURCULATE, *v. a.* Meang, gèarr, bèarr.

SURD, *adj.* Bodhar.

SURDITY, *s.* Buidhre.

SURE, *adj.* 1. Certain, infallible: cinnteach, dearbh, fior, neo-mhearachdach. 2. certainly doomed: cinnteach. 3. undoubting: earbsach, muinghinneach, cinnteach. 4. safe, past doubt or danger: sàbhailt, tèaruinte, cinnteach. 5. firm: seasmhach, daingean, cinnteach, neo-thuisleach. 6. to *be* sure: gu cinnteach.

SURE, } *adv.* See Sure, *adj.*
SURELY, }

SUREFOOTED, *adj.* Neo-thuisleach, treasdach, cinnteach air a chasan.

SURENESS, *s.* Cinnteachd, dearbhachd.

SURETISHIP, *s.* Urras, ràthanas.

SURETY, *s.* 1. Certainty: cinnteachd, cinnt. 2. security, safety: tèaruinteachd, sàbhaladh. 3. support: stéidh, bunchar, taic. 4. confirmation: cinnteachd, dearbhadh. 6. security for payment: urras, daingneachd. 7. one that gives security: urras, ràthan.

SURF, *s.* Tonn.

SURFACE, *s.* Uachdar, leth muigh, aghaidh.

SURFEIT, *v. a.* et *n.* 1. Cram overmuch: sàsaich, an-luchdaich. 2. be fed to satiety: ith seid, ith sàth.

SURFEIT, *s.* Sàth, seid, gràin le ithe, gais.

SURFEITER, *s.* Geòcair, glàimhear.

SURFEITING, *s.* Sàsuchadh, seid, teann-shàth.

SURGER, *s.* Tonn, sumainn, bàirlinn.

SURGE, *v. n* Éirich, at, bòchd.

SURGEON, *s.* Làmh-léigh léigh, ollamh.

SURGEONRY, } *s.* Dreuchd làimh-léigh, leigheas.
SURGERY, }

SURGICAL, *adj.* A bhuineas do làmh-léigh.

SURGY, *adj.* Tonnach, sumainneach, stuadhach.

SURLILY, *adv.* See Surly.

SURLINESS, *s.* Gruamachd, mùigeanachd, iargaltachd, dreamlainn.

SURLY, *adj.* Gruamach, goilleach, duairceach, doirbh, iargalta, coimheach, dreamlainneach.

SURMISE, *v. a.* Saoil, baralaich, cuir amharus, cuir umhaill.

SURMISE, *s.* Fathunn, amharus, an-amhuras, umhaill, farbhas.

SURMISER, *s.* Fear-fathuinn, fear-an-amharuis.

SURMOUNT, *v. a.* 1. Rise above: èirich os ceann, rach thairis. 2. conquer, overcome: buadhaich, ceannsaich, fairslich, dìrich, faigh làmh an uachdar. 3. surpass, exceed: faigh bàrr, theirig thairis, buadhaich.

SURMOUNTABLE, *adj.* So-bhuadhachaidh, so-cheannsachaidh.

SURMOUNTING, *s.* Dol os ceann, buadhachadh.

SURNAME, *s.* Sloinneadh, ainm-sloinnidh, ath-ainm, comh-ainm.

SURNAME, *v. a.* Sloinn, thoir comh-ainm.

SURPASS, *v. a.* Faigh bàrr, fairslich, buadhaich, thoir bàrr.

SURPASSABLE, *adj.* So-thoirt bàrr, air am feudar bàrr a thoirt.

SURPASSING, *adj.* Òirdheirc, ro-urramach, barraichte.

SURPASSINGLY, *adv.* See Surpassing.

SURPLICE, *s.* Culaidh-aifrinn.

SURPLUS, *s.* Còrr, barrachd, fuigheall, barrachdas.

SURPRISAL, } *s.* 1. The act of taking unawares:
SURPRISE, } teachd gun fhios, glacadh gun fhios, grad-ghlacadh, sgeilmse. 2. sudden confusion: ioghnadh, iongantas, uamhas, fuathas, clisgeadh, sgeilmse.

SURPRISE, *v. a.* 1. Take unawares: glac gun fhios, thig gun fhaireachadh. 2. astonish: cuir fuathas air, sgeimhlich, cuir iongantas air. 3. confuse: clisg, cuir eagal air, sgeimhlich.

SURPRISING, *adj.* Iongantach, neònach, miorbhuileach.

SURPRISINGLY, *adv.* See Surprising.

SURRENDER, *v. a.* et *n.* Thoir suas, thoir thairis, géill, strìochd.

SURRENDER, *s.* 1. The act of yielding: géilleadh, strìochdadh. 2. The act of resigning or giving up to another: toirt thairis, toirt suas.

SURREPTITIOUS, *adj.* Bradach, meallta, dèanta gun fhios.

SURREPTITIOUSLY, *adv.* See Surreptitious.

SURROUND, *v. a.* Cuairtich, iom-dhruid, iadh mu thimchioll.

SURVEY, *v. a.* Gabh beachd, seall thairis air, rannsaich, beachdaich air. Survey land: tomhais fearann.

SURVEY, *s.* 1. View, prospect: beachd. sealladh. 2. superintendence: marasgladh seailtuinn thairis. 3. mensuration: tomhas.

SURVEYOR, *s.* 1. An overseer: marascal, marasgal, fear-sùla. 2. a measurer of land: fear-tomhais.

SUBVEYORSHIP, *s.* Marasglachd.

SURVIVE, *v. a.* et *n.* 1. Outlive: mair, fan beò an déigh. 2. remain alive: mair beò, bi beò.

SURVIVER, } *s.* Neach is faide saoghal na neach eile,
SURVIVOR, } neach beò an déigh bàis neach éile.

SUSCEPTIBILITY, *s.* Mothachadh, beothalachd, faireachduinn.

SUSCEPTIBLE, *adj.* Mothachail, beothail, a' faireachduinn.

SUSCITATE, *v. a.* Brosnuich, bruidich, dùisg, mosgail.

SUSCITATION, *s.* Brosnuchadh, mosgladh, dùsgadh.

SUSPECT, *v. a.* et *n.* 1. Imagine with a degree of fear and jealousy: saoil, cuir amharus, amharusaich, cuir an amhuras, cuir umhaill. 2. imagine guilty: cuir an amharus, cuir an teagamh, smaoinich ciontach. 3. hold uncertain: cuir an ag, cuir an teagamh. 4. imagine guilt: saoil ciontach.

SUSPECT, *adj.* Teagamhach, neo-chinnteach, amharusach.

SUSPEND, *v. a.* 1. Hang: croch, cuir an crochadh.

2. make to depend upon: cuir an crochadh, cuir slaodta ri. 3. interrupt: maillich, grab, bac. 4. keep undetermined: cum an imcheist, cum an crochadh. 4. for a time from office or enjoyment of revenue: cuir á seilbh rè seal.

SUSPENDER, *s.* Fear màirnealach, fear seamsanach.

SUSPENSE, *s.* Teagamh, imcheist, ioma-chomhairle.

SUSPENSE, *adj.* 1. Held from proceeding: bacta, grabta. 2. held in doubt: an teagamh, imcheisteach.

SUSPENSION, *s.* 1. Act of making to hang: crochadh. 2. act of delaying: cumail air ais, cur dàil, mailleachadh. 3. interruption: bacadh, grabadh.

SUSPICION, *s.* Amharus, an-amharus, umhaill, teagamh.

SUSPICIOUS, *adj.* An-amharusach, coicheideach, amharusach, an-earbsach, umhailleach, air dhroch coltas.

SUSPICIOUSLY, *adv.* See Suspicious.

SUSPICIOUSNESS, *s.* Amharus, an-amharus.

SUSPIRATION, *s.* Osnadh, osnaich.

SUSPIRE, *v. a.* 1. Sigh: osnaich. 2. breathe: tarruing anail.

SUSTAIN, *v. a.* 1. Bear, prop: taic, cum suas. 2. support, keep from sinking: taic, cum suas, cobhair, cuidich. 3. maintain, keep: cum beò, cum suas. 4. assist: cuidich, cobhair. 5. endure: giùlain, fuiling. 6. bear without yielding: seas, cum ri.

SUSTAINABLE, *adj.* So-ghiùlain, so-chumail suas.

SUSTAINER, *s.* 1. One that props: fear-cumail suas. 2. a sufferer: fulangaiche, fear-giùlain.

SUSTENANCE, SUSTENTATION, *s.* 1. Support, maintenance: cumail suas. 2. necessaries of life: biadh, lòn, teachd an tìr.

SUSURRATION, *s.* Cagar, torman.

SUTLER, *s.* Fear-solair lòin.

SUTURE, *s.* 1. A manner of sewing: fuaigheal. 2. a particular articulation: fuaigheal chnàmh, ceangal chnàmh.

SWAB, *s.* Moibean, sguabach ùrlair.

SWABBER, *s.* Fear-glanaidh bùird luinge.

SWADDLE, *v. a.* Spaoil, paisg.

SWADDLE, *s.* Spaoileadh, pasgadh.

SWADDLINGBAND, *s.* Crios-spaoilidh, aodach-suainidh.

SWAG, *v. n.* Bi tromsanaich.

SWAGE, *v. a.* See Asswage.

SWAGGER, *v. n.* Dean spagluinn, dean bòsd, bi spaill-eichdeil.

SWAGGERER, *s.* Fear spagluinneach, bladhastair, spleadhadair.

SWAGGY, *adj.* Trom, lòdail.

SWAIN, *s.* 1. A young man: òganach, òigfhear, fleasgach. 2. a country servant employed in husbandry: sgalag, fear-muinntir. 3. a pastoral youth: buachaille, cìbeir.

SWALE, *v. a.* Caith, cosd.

SWALLOW, *s.* 1. A small bird of passage: gobhlan-gaoithe, ainleag. 2. the throat: slugadh.

SWALLOW, *v. a.* 1. Take down the throat: sluig, gloc. 2. absorb: sluig, sùgh. 3. occupy: glac, lìon suas. 4. seize and waste: mill, sgrios.

SWAMP, *s.* Boglach, fèith, càthar, clàbar, sùil-chruthaich.

SWAMPY, *adj.* Càtharach, bog, clàbarach.

SWAN, *s.* Eala, ealadh.

SWARD, *s.* 1. The skin of bacon: craicionn muic. 2. the surface of the ground: sgrath, fòid, rùsg.

SWARM, *s.* 1. Of bees or other small animals: sgaoth. 2. a multitude, a crowd: comh-thional, sgann, comh-chruinneachadh.

SWARM, *v. a.* et *n.* 1. Throng: cruinnich mar sgaoth. 2. rise as bees in a body: tilg sgaoth bheach, falbh an sgaoth. 3. crowd, throng: trus, cruinnich, tionail.

SWART, SWARTH, *adj.* Dubh, odhar, lachduinn, ciar.

SWART, *v. a.* Dorchaich, dubh, dean ciar.

SWARTH, *s.* Dreug, spiorad.

SWARTHILY, *adv.* See Swarthy.

SWARTHINESS, *s.* Doilleireachd, coltas ciar.

SWARTHY, *adj.* Ciar, odhar, lachduinn, dubh, cairtidh.

SWASH, *s.* 1. A blustering noise as show of valour: gleadhraich, spagluinn. 2. impulse of water: plubraich.

SWATH, *s.* 1. Of grass or corn cut down: spadhadh. 2. a continued quantity: meall air muin a chéile. 3. a band: stìom, bann, crios.

SWATHE, *v. a.* Spaoil, paisg.

SWAY, *v. a.* et *n.* 1. Wave in the hand: luaisg, crath. 2. biass: aom. 3. govern, rule: riaghail, stiùir, ceannsaich. 4. hang heavy: bi trom. 5. have weight or influence: bi cumhachdach, bi comasach.

SWAY, *s.* 1. The swing or sweep of a weapon: luasgadh, crathadh. 2. weight: cudthrom, truime. 3. dominion: cumhachd, comas, riaghladh, uachdranachd, ceannas. 4. influence: aomadh.

SWEAR, *v. a.* et *n.* 1. Bind by an oath: cuir air 'mhionnaibh, cuir mionnan air. 2. declare upon oath: breitich, dearbhaich, thoir mionnan, lùgh. 3. obtest some superior power: mionnaich, lùgh. 4. declare or promise upon oath: mionnaich, geall le mionnaibh. 5. give evidence upon oath: thoir mionnan, mionnaich air. 6. obtest the great name profanely: mionnaich.

SWEARER, *s.* Fear-mhionnan, fear-mionnachaidh.

SWEARING, *s.* Mionnachadh, lùghadh.

SWEAT, *s.* 1. Perspiration: fallus. 2. labour, toil: saothair, obair ghoirt. 3. evaporation of moisture: fallus, cur uisge dheth.

SWEAT, *v. a.* et *n.* 1. Emit as sweat: cuir a mach fallus, cuir fallus dhiot. 2. make to sweat: cuir 'n a fhallus. 3. be moist on the body: bi 'n ad fhallus, bi blàth. 4. toil, labour: saothraich, oibrich.

SWEATY, *adj.* 1. Moist with sweat: fallusach. 2. toilsome: saothrachail, goirt.

SWEDE, *s.* et *adj.* Suaineach.

SWEEP, *v. a.* et *n.* 1. With a besom: sguab, glan. 2. with pomp: giùlain gu greadhnach. 3. with

celerity and violence: sguab, fuadaich. 4. with celerity and force: sgud. 5. rub over: suath.

SWEEP, *s.* Sguabadh, garbh-shiubhal, sraonadh.

SWEEPER, *s.* Sguabadair, fear-sguabaidh.

SWEEPINGS, *s.* Sguabadh, fotus, fuigheall, smodal.

SWEEPNET, *s.* Lìon sgrìobaidh, sguab-lìon.

SWEEPSTAKE, *s.* Sgrìob lom, cosnadh gach gill.

SWEET, *adj.* 1. To any sense: milis, taitneach. 2. to the taste: milis, blasda. 3. to the smell: cùbhraidh, taitneach. 4. to the ear: binn, ceòlmhor. 5. to the eye: tlà, maiseach, àluinn. 6. not salt: milis, ùr. 7. not sour: milis. 7. mild: tlà, caomh. 8. grateful, pleasing: taitneach.

SWEET, *s.* 1. Something pleasing: millse, milseachd. 2. word of endearment: gaolach, cagar, luaidh. 3. a perfume: ola chùbhraidh.

SWEETBREAD, *s.* Milsean, aran milis.

SWEETBRIER, *s.* Dris chùbhraidh.

SWEETEN, *v. a.* et *n.* 1. Make sweet: milsich, dean milis. 2. make mild or kind: dean caomh, dean caoin, mìnich, ciùinich. 3. make less painful: dean so-iomchar, eutromaich. 4. palliate, reconcile: dean réidh, réitich. 5. make grateful or pleasing: dean taitneach. 6. grow sweet: fàs milis.

SWEETHEART, *s.* Leannan, gràidheag, seirceag, seircean.

SWEETISH, *adj.* Car milis, leth-char milis, blasda.

SWEETLY, *adv.* See Sweet, *adj.*

SWEETMEAT, *s.* Milsean, biadh milis.

SWEETNESS, *s.* Milse, millsead, millseachd, binnead. Of smell: cùbhraidheachd. Of temper: ciùine, grìdealachd.

SWEETWILLIAM, *s.* See Gilliflower.

SWELL, *v. a.* et *n.* 1. Cause to rise or encrease: tog, thoir at air, cuir suas. 2. heighten: an-tromaich, meudaich. 3. rise to arrogance: àrdaich, séid suas. 4. grow turgid: at, bòchd. 5. tumify by obstruction: at, fàs dòmhail. 6. be exasperated: borbnaich, séid le àrdan. 7. protuberate: at, bòchd.

SWELL, *s.* 1. Extension of bulk: at, dòmhladas. 2. the surf: tonn, sumainn.

SWELLING, *s.* 1. Morbid tumour: iongrachadh, màm, neasgaid, at. 2. protuberance, prominence: éiridh, cnap, meall. 3. effort for vent: at, séideadh, ataireachd, bòrcadh.

SWELTER, *v. a.* Tiormaich, sgreag.

SWELTRY, *adj.* Teth, bruich, bruitheannach.

SWERVE, *v. n.* 1. Wander, rove: seabhaid, theirig air seacharan. 2. deviate: claon, fiar, rach a thaobh. 3. ply, bend: lùb.

SWERVING, *s.* Claonadh, fiaradh, dol gu taobh.

SWIFT, *adj.* Luath, bairgeanta, siùbhlach, grad, ealamh, clis, èasgaidh.

SWIFT, *s.* Coileach, sruth, sruth cas.

SWIFTFOOT, *adj.* Luath, luath-chasach.

SWIFTLY, *adv.* See Swift, *adj.*

SWIFTNESS, *s.* Luathas, luathailt, luathailteachd.

SWIG, *v. a.* et *n.* Deoghail cabhagach, òl glamadh, thoir balgum mòr.

SWILL, *v. a.* et *n.* 1. Drink grossly: òl gu bras, sluig, dean pòit. 2. wash, drench: bogaich, taisich, fliuch. 3. inebriate: cuir air mhisg, lìon le deoch. 4. be intoxicated: bi air mhisg.

SWILLER, *s.* Misgear, pòitear.

SWIM, *v. a.* et *n.* 1. Pass by swimming: snàmh, dean snàmh. 2. float: snàmh. 3. progressively: snàmh, bi snàmh. 4. glide along: siubhail seachad, gluais seachad gu fòil. 5. be dizzy: bi an tuaineulaich. 6. flow in any thing: snàmh.

SWIM, *s.* Bàlgan-snàmha.

SWIMMER, *s.* Snàmhaich, snàmhair.

SWIMMING, *s.* 1. The act of floating: snàmh. 2. dizziness: tuaineal.

SWIMMINGLY, *adv.* Gu sèimh, gu mìn, gu socrach.

SWINDLE, *v. a.* Meall, thoir an car à.

SWINDLER, *s.* Slaightear, caraich, crochair.

SWINE, *s.* Muc.

SWINEHERD, *s.* Buachaill mhuc, gille mhuc, mucair.

SWINESTY, *s.* Fail mhuc, crò mhuc.

SWING, *v. a.* et *n.* 1. Make or play loosely on a string: luaisg, tulg, siùd, seòg, udail. 2. whirl round: cuir mu 'n cuairt, luaisg. 3. wave loosely: crath, seòg. 4. wave to and fro hanging loosely: tulg, siùd.

SWING, *s.* 1. Motion of any thing hanging loosely: siùdan, tulgadh, seògadh, luasgadh. 2. a line on which any thing hangs loosely: dreallag, seògan, riadhan. 3. unrestrained tendency: siùdan, cead féin, toil féin.

SWINGE, *v. a.* Sgiùrs, sguids, gabh air.

SWINGER, *s.* Fear-luasgaidh, fear-siùdain.

SWINGING, *adj.* Mòr, garbh.

SWINGINGLY, *adv.* See Swinging.

SWINGLE, *v. n.* Seòg, siùd, bi air udal.

SWINISH, *adj.* Salach, mosach, mucach, mar mhuic.

SWITCH, *s.* Slat, sgiùrsadh, slatag.

SWITCH, *v. a.* Sgiùrs, sguids, gabh air le slait.

SWIVEL, *s.* Fudlan, udalan.

SWOBBER, *s.* Sguabadair, fear-sguabaidh.

SWOLLEN, *part.* Air at.

SWOON, *v. n.* Tuit am paisean, rach am paisean, rach an neul.

SWOON, *s.* Neul, paisean, plathadh, laigse.

SWOOP, *v. a.* See Sweep.

SWOP, *v. a.* Malairtich, dean suaip.

SWOP, *s.* Malairt, suaip.

SWORD, *s.* Claidheamh, lann, cliaranach, claiseach.

SWORDGRASS, *s.* Riasg.

SWORDMAN, *s.* Fear-claidheimh.

SWORDPLAYER, *s.* Basbair.

SWORN, *part.* Mionnaichte.

SWUNG, *part.* Luaisgte.

SYCAMORE, *s.* Sicamor, fior-chrann.

SYCOPHANCY, *s.* Miolasg, goileam, sodal, masgul, miodal.

SYCOPHANT, *s.* Brasaire-bùird, sgimilear, fear-sodail, masgulaiche.

SYCOPHANTIC, *adj.* Miodalach, sodalach, brosgulach, miolasgach, masgulach.

SYLLABLE, *s.* Lid, lide, lideadh, abadh, sioladh.

SYLLABUB, *s.* Bainn' is deoch làidir.

SYLLOGISM, *s.* Comharguin.

SYLLOGISTICAL, *adj.* Comharguineach.

SYLVAN, *adj.* Coillteach, dubharach.
SYLVAN, *s.* Dia coille.
SYMBOL, *s.* 1. An abstract, a compendium: giorradan. 2. a type: samhladh, comharradh. 3. a sign or badge: comharradh, suaicheantas.
SYMBOLICAL, *adj.* Samhlach, a' taisbeanadh.
SYMBOLICALLY, *adv.* See Symbolical.
SYMMETRICAL, *adj.* Comh-fhreagarrach, dealbhach, cumadail.
SYMMETRIST *s.* Fear eòlach air deadh chumadh.
SYMMETRY, *s.* Cumadalachd, comh-fhreagarrachd.
SYMPATHETIC, SYMPATHETICAL, *adj.* Comh-fhulangach, comh-mhothachail, truacanta, bàigheil.
SYMPATHETICALLY, *adv.* See Sympathetical.
SYMPATHIZE, *v. n.* Comh-mhothaich, comh-fhairich, comh-fhuiling.
SYMPATHY, *s.* Comh-fhulangas, comh-mhothachadh, truas, bàigh.
SYMPHONIOUS, *adj.* Comh-cheòlach, comh-fhuaimneach.
SYMPHONY, *s.* Corruil, comh-cheòl, coimh-shéirm.
SYMPTOM, *s.* Comharradh, coltas.
SYNAGOGUE, *s.* Tigh-aoraidh Iùdhach, sionagog.
SYNCOPE, *s.* 1. Fainting fit: paisean, neul. 2. of a word: giorrachadh.
SYNOD, *s.* 1. An assembly called for consultation: seanadh. 2. conjunction of the heavenly bodies: coinneachadh reultan.
SYNODICAL, *adj.* A bhuineas do sheanadh.
SYNONYME, *s.* Comh-fhocal.
SYNONYMOUS, *adj.* Comh-fhoclach, comh-chiallach.
SYNONYMOUSLY, *adv.* See Synonymous.
SYNONYMY, *s.* Comh-fhocal.
SYNOPSIS, *s.* Giorradan.
SYNTACTICAL, *adj.* Comh-fhreagarrach.
SYNTAX, *s.* Comh-thàthadh.
SYNTHETIC, SYNTHETICAL, *adj.* Comh-dhlùthta.
SYPHON, *s.* Pìob, feadan.
SYREN, *s.* Suirb, bean-thàlaidh.
SYRINGE, *s.* Spùtachan, sgiordan, gunna spùtain.
SYRINGE, *v. a.* Sgiord, glan le spùtachan.
SYSTEM, *s.* Coimh-eagar, lathailt, dòighealachd.
SYSTEMATICAL, *adj.* Coimh-eagarach, lathailteach, dòigheil.
SYSTEMATICALLY, *adv.* See Systematical.
SYSTEMATIZE, *v. a.* Dean coimh-eagar.

TAB

TABBY, *s.* Sìoda stiallach.
TABBY, *adj.* Stiallach, eug-samhuil, riabhach.
TABEFACTION, *s.* Caitheamh, seargadh, éiteach.
TABEFY, *v. n.* Caith, searg, meath, fàs caol.
TABERNACLE, *s.* 1. A temporary habitation: pàilliun, bùth. 2. a place of worship: tigh-aoraidh, àit'-aoraidh.
TABERNACLE, *v. n.* Tuinich am pailliun, còmhnuich am bùth.
TABLATURE, *s.* 1. Of the skull: sgoltadh a' chloiginn. 2. a single piece of painting: dealbh iomlan.
TABLE, *s.* 1. Level surface: bòrd, clàr. 2. for meals and other purposes: bòrd, clàr. 3. persons at table: luchd-bùird. 4. entertainment: bòrd, biadh-bùird. 5. a tablet: clàr. 6. a picture: dealbh. 7. an index, a catalogue: clàr-innse. 8. a synopsis: giorradan. 9. the palm of the hand: deàrn. 10. turn the tables: tionndaidh an roth.
TABLE, *v. a.* et *n.* 1. Make into a catalogue: cuir

TAC

an clàr-innse, dean clàr-innse. 2. supply with a table or food: thoir bòrd, cum bòrd ri. 3. board, live at the table of another: gabh bòrd, bi air bhòrd.
TABLECLOTH, *s.* Anart-bùird.
TABLEMAN, *s.* Fear-feòirne, fear-chneitein.
TABLET, *s.* 1. A small level surface: bòrd, clàr. 2. a medicine in a square form: cearnag-léigh.
TABOUR, *s.* Druma bheag, tàbar.
TABRET, *s.* See Tabour.
TABULAR, *adj.* 1. Set down in the form of tables or synopses: air a chur sìos air clàir. 2. formed in laminæ: leacach. 3. set in squares: ceàrnach.
TABULATED, *adj.* Leacach, réidh, còmhnard, mar bhòrd.
TACHE, *s.* Cromag, lùb, dul.
TACIT, *adj.* Tosdach, balbh, sàmhach.
TACITLY, *adv.* See Tacit.
TACITURNITY, *s.* Tosdachd, samhchair, foisdinn.
TACK, *v. a.* et *n.* 1. Fasten: ceangail ri. 2. join,

unite: tàth, comh-thàth, cnòd, fuaigh. 3. turn a ship: bòrd.

TACK, *s.* 1. A small nail: tacaid. 2. act of turning ships at sea: bòrdadh. 3. addition, supplement: foir-ìonadh, cur ri. 4. a stain: ball, sal, salchar.

TACKLE, *s.* 1. An arrow: saighead. 2. instruments of action: arm, uidheam. 3. of a ship: buill, acfuinn.

TACKLE, *v. a.* Cuir an uidheam, beartaich.

TACKLING, *s.* 1. Of the mast: droinip, acfuinn, buill. 2. instruments: uidheam.

TACTIC, *adj.* Eagarach, a' cur an òrdugh catha.

TACTICS, *s.* Gleus-cogaidh, oilean-cogaidh.

TADPOLE, *s.* Ceann-phollan, ceanna-phollag, òg-ìosgunn, ceann-òimid, dairbeag.

TAG, *s.* 1. Of metal to a string: cnapan, plucan. 2. any thing paltry and mean: ni suarach. 3. a young sheep: òisg.

TAG, *v. a.* 1. Fit with an end: cuir ceann air. 2. fit one thing with another: tàth, ceangail ri, fuaigh.

TAIL, *s.* Earball, feaman, rumpull, eàrr, bun-feann, bun-feamain, breaman. Turn tail: teich, gabh an ruaig.

TAIL, *v. n.* Tarruing earball.

TAILED, *adj.* Breamanach, earballach.

TAILOR, *s.* Tàillear.

TAINT, *v. a.* et *n.* 1. Imbue: lìon. 2. stain, sully: salaich, truaill. 3. poison: mill, truaill, puinnsionaich. 4. be infected: bi salach, bi truaillidh.

TAINT, *s.* 1. A tincture, a stain: ball, sal, salchar. 2. infection, corruption: salchadh, truailleadh, gaoid, galar. 3. a spot, blemish: ball, gaoid, meang.

TAINTLESS, *adj.* Glan, neo-thruaillidh, gun ghaoid, gun ghalar.

TAINTURE, *s.* See Taint, *s.*

TAKE, *v. a.* et *n.* 1. Receive what is offered: gabh. 2. seize: glac, beir air. 3. receive: gabh. 4. lay hold on: glac, beir air, cuir làmh air. 5. snatch: glac, dean greim air. 6. make prisoner: glac, cuir an làmh. 7. captivate with pleasure: meall, tàlaidh, glac. 8. entrap: glac, cuir an sàs. 9. understand: tuig. 10. turn to practice: gabh, lean. 11. close in with: dean greim, glac, dùin ri. 12. into the mind: thoir fainear, gabh aithne. 13. go into: falbh, rach. 14. swallow: òl. 15. adopt: gabh. 16. endure, bear: gabh, fuiling. 17. allow, admit: ceadaich. 18. withdraw: thoir a thaobh. 19. hire, rent: gabh. 20. take *away:* thoir air falbh. 21. take *care:* gabh cùram, thoir fainear. 22. take *down:* thoir sìos. 23. take *from:* thoir o, thoir uaith. 24. take *heed:* thoir aire. 25. take *in*, enclose: dùin, thoir a stigh. 2. take *in*, lessen: thoir a stigh, lughdaich. 27. take *in*, cheat: meall, thoir an car á. 28. take *in*, comprise: gabh a stigh, fill. 29. take *in*, admit: leig a stigh. 30. take *in*, win by conquest: glac, ceannsaich. 31. take *in*, receive mentally: tuig. 32. take *in hand:* gabh fo 's làimh.

TAKEN, *part.* Glacta.

TAKER, *s.* Fear-glacaidh, glacadair.

TAKING, *s.* Glacadh, gabhail.

TALE, *s.* 1. A story: sgeul, sgeulachd, ùr-sgeul, naidheachd. 2. oral relation: naidheachd, sgeul, aithris. 3. number reckoned: cunntas, àireamh. 4. information: sgeul, naidheachd.

TALEBEARER, *s.* Fear-sgeòil, aithriseach, fear-tuaileis, sgéil-theachdair.

TALEBEARING, *s.* Tuaileas, gobaireachd.

TALENT, *s.* 1. Of money: tàlann. 2. faculty, power: ceud-fàth, comas, cumhachd, càil, feart.

TALISMAN, *s.* Dealbh druidheachd.

TALK, *v. n.* 1. Speak in conversation: labhair, bruidhinn, dean conaltradh, dean còmhradh. 2. prattle: dean goileam. 3. give account: aithris, innis. 4. speak, reason: labhair.

TALK, *s.* 1. Oral conversation: bruidhean, còmhradh, labhairt, conaltradh. 2. report, rumour: iomradh, bruidhean. 3. subject of discourse: seanchas, còmhradh.

TALKATIVE, *adj.* Bruidhneach, còmhraidhteach, conaltrach, bileineach, braoisgeach.

TALKATIVENESS, *s.* Gobaireachd, goileam, lonais.

TALKER, *s.* 1. One who talks: fear-bruidhne, fear-labhairt, cracaire. 2. a loquacious person: gobair, fear bileineach. 3. a boaster: fear spagluinneach.

TALKING, *s.* Bruidhean, labhairt, còmhradh, conaltradh.

TALL, *adj.* Àrd, mòr, fada, garbh, greimeil.

TALLAGE, *s.* Cìs, càin, màl.

TALLOW, *s.* Geir.

TALLY, *v. a.* et *n.* 1. Fit, suit: comh-fhreagair, dean comh-fhreagarrach. 2. be fitted: freagair do, bi freagarrach.

TALMUD, *s.* Leabhar beul-aithris nan Iudhach.

TALNESS, *s.* Àirde.

TALON, *s.* Ionga, spòg, spor.

TAMBOURINE, *s.* Druma làimhe, druma mheur.

TAME, *adj.* 1. Not wild: soirbh, soitheamh, ciùin. 2. subdued: ceannsaichte, callaichte, briste. 3. spiritless: neo-spioradail, neo-smiorail.

TAME, *v. a.* 1. Reduce from wildness: callaich, dean soirbh, tataidh. 2. subdue: ceannsaich, ciùinich, smachdaich, cum fuidhe.

TAMEABLE, *adj.* So-cheannsachaidh, so-chiùineachaidh.

TAMELY, *adv.* See Tame, *adj.*

TAMENESS, *s.* 1. The quality of being tame: ciùine, ciùinead, soimheachd, soirbhe. 2. timidity: gealtachd, lag-chridheachd.

TAMER, *s.* Buadhaiche, fear-ceannsachaidh.

TAMPER, *v. n.* 1. Be busy with physic: feuch, cleachd. 2. meddle: bean, meachranaich. 3. practise secretly: feuch, cleachd innleachdan.

TAN, *v. a.* 1. With bark: cairt. 2. by the sun: cairt, dean buidhe.

TAN, *s.* Cairt-dharaich.

TANG, *s.* Droch bhlas, blas làidir, blas garg.

TANGENT, *s.* Beanailteach.

TANGIBILITY, *s.* Taic, faireachduinn.

TANGIBLE, *adj.* So-làimhseachaidh, so-bheantuinn.

TANGLE, *v. a.* See Entangle.

TANGLE, *s.* 1. A knot of things interwoven: amladh, cuimrig, feamnadh. 2. sea-weed: bàrr-rochd, bàrr-staimh.
TANISTRY, *s.* Tànaisteachd, tànaistearachd.
TANKARD, *s.* Curraighin.
TANNER, *s.* Fear-deasachaidh leathair.
TANNING, *s.* Cartadh.
TANPIT, *s.* Slochd-cartaidh.
TANSY, *s.* Trangalus, lus-na-Frainc.
TANTALIZE, *v. a.* Thoir a mach miann, buair.
TANTALIZER, *s.* Fear-tàlaidh, buaireadair.
TANTAMOUNT, *adj.* Coimh-chiallach, comh-ionann.
TAP, *v. a.* et *n.* 1. Touch lightly: bean. 2. broach a vessel: bris air, tarruing á. 3. strike a gentle blow: buail fòil, cnag.
TAP, *s.* 1. A gentle blow: buille bheag, buille lag, gnogag. 2. a pipe: goc, pìob-tharruing.
TAPE, *s.* Stìom, stiall, crios.
TAPER, *s.* Coinneal, chéire.
TAPER, *adj.* Biorach, binneach, a' fàs caol a' chuid 's a' chuid.
TAPER, *v. n.* Fàs caol, fàs mar bharrachaol.
TAPESTRY, *s.* Obair ghréis, aodach làn dhealbh.
TAPHOUSE, *s.* Tigh-leanna.
TAPSTER, *s.* Buidlear, gille leanna.
TAR, *s.* 1. Liquid pitch: tèarr. 2. a sailor: maraich, seòladair.
TAR, *v. a.* 1. Smear over with tar: tèarr. 2. teaze, provoke: buair, brosnuich.
TARDILY, *adv.* See Tardy.
TARDINESS, *s.* Maidheanachd, màirnealachd, athaiseachd.
TARDY, *adj.* 1. Slow, not swift: mall, adhaiseach, athaiseach. 2. sluggish: leasg, slaodach, fadalach. 3. dilatory: maidheanach, màirnealach, fadalach, seamsanach, drionganach.
TARDY, *v. a.* Maillich, bac, cum air ais.
TARE, *s.* 1. A weed that grows among corn: cogull, peasair-each. 2. allowance made for waste in merchandise: uiread leis a' chothrom.
TARGET, *s.* Targaid, sgiath, làimh-sgiath, luimean.
TARGETIER, *s.* Fear-sgiath, fear-sgèithe.
TARGUM, *s.* Leabhar-mìneachaidh a' Bhìobuill 's a' chàint Chaldéich.
TARNISH, *v. a.* et *n.* 1. Sully: salaich, truaill, dubh, cuir smal air. 2. lose brightness: fàs dubh, fàs salach.
TARRIER, *s.* Abhag.
TARRY, *v. n.* 1. Stay: stad, fuirich, fan. 2. delay: bi màirnealach, fuirich.
TART, *adj.* 1. Sour, acid: searbh, goirt, geur, garg. 2. sharp, keen, severe: garg, borb, gruamach, feargach.
TARTAN, *s.* Breacan, tartan, cadadh.
TARTAR, *s.* Ifrinn.
TARTLY, *adv.* See Tart.
TARTNESS, *s.* 1. Sharpness, sourness: gairgead, seirbhe, géire. 2. sourness of temper: gairgead, gruamachd.
TASK, *s.* 1. Something to be done: obair r' a dèanamh, obair dhligheach, gnìomh r' a dhèanamh. 2. employment, business: gnìomh, obair, gnothach. 3. take to *task*: thoir gu cunntas.
TASK, *v. a.* Cuir obair air, cuir gnìomh mu choinneamh.
TASKER, TASKMASTER, *s.* Maighstir-oibre.
TASSEL, *s.* Dos, aigilean, babag, babaid.
TASSELED, *adj.* Babanach, babagach, dosach.
TASTE, *v. a.* et *n.* 1. By the palate: blais. 2. essay first: feuch, thoir deuchainn, blais. 3. feel: fairich, blais. 4. intellectually: blais. 5. by the mouth: blais, ith. 6. try the relish: feuch. 7. enjoy sparingly: fairich blas, blais.
TASTE, *s.* 1. The act of tasting: blasachd, blasadh, blasad. 2. the sense: blas. 3. sensibility, perception: faireachduinn, mothachadh. 4. intellectual relish: faireachduinn, aithne. 5. a small portion: blas, sampull.
TASTED, *adj.* Blasda, air am bheil blas.
TASTEFUL, *adj.* Blasda, deadh-bhlasda.
TASTELESS, *adj.* 1. Having no power of perceiving taste: gun bhlas. 2. insipid: neo-bhlasda. 3. having no intellectual gust: gun fhaireachduinn, gun mhothachadh.
TASTELESSNESS, *s.* 1. Insipidity: neo-bhlasdachd. 2. want of perception of taste: neo-bhlasdachd, dìth blas. 3. want of intellectual relish: neo-mhothachadh.
TASTER, *s.* 1. One who takes the first essay of food: fear-blasaid. 2. a dram cup: copan, cuach.
TATTER, *v. a.* Srac, reub, stròic, thoir as a chéile.
TATTER, *s.* Luideag, broineag, cearb, bàrlag, criomag.
TATTERDEMALION, *s.* Fear broineagach, fear luideagach, bàrlag.
TATTLE, *v. n.* Dean briot, dean gobaireachd, dean goileam.
TATTLE, *s.* Briot, goileam, gobaireachd.
TATTLER, *s.* Fear béileineach, fear luath-bheulach, sgeòpair, gobair.
TATOO, *s.* Druma dhachaidh.
TAVERN, *s.* Tigh-òsda.
TAUGHT, *part.* Ionnsuichte.
TAUNT, *v. a.* Beum, athaisich, cuir athais air, sgeig.
TAUNT, *s.* Beum, athais, spìdeag, sgeig, fochaid, tàir, fanoid, goic, earrag.
TAUNTER, *s.* Sgeigeir, fanaidiche, fear-beumaidh, bearradair, fear sgaiteach.
TAUNTINGLY, *adv.* Gu sgeigeil, gu magail, gu beumnach.
TAUTOLOGICAL, *adj.* Ràsanach, foclach, briathrach.
TAUTOLOGY, *s.* Aithris, ath-aithris, ràsanachd.
TAW, *v. a.* Deasaich leathar le alm.
TAWDRILY, *adv.* See Tawdry.
TAWDRINESS, *s.* Breaghachd neo-chuimir, slimseagachd, sèapachas.
TAWDRY, *adj.* Siùpach, liobasta, slimseagach.
TAWNY, *adj.* Lachduinn, odhar, ciar, cairtidh.
TAX, *s.* Cìs, càin, dùilinnean.
TAX, *v. a.* 1. Load with imposts: cuir cìs, leag cìs, leag càin. 2. charge, censure: coirich, cronaich, cuir as leth.

TAXABLE, *adj.* Buailteach do chìs.
TAXATION, *s.* 1. Impost, tax: cìs, càin, dùilinnan. 2. accusation, scandal: coire, masladh.
TAXER, *s.* Fear-leagaidh cìse.
TEA, *s.* Tea.
TEACH, *v. a.* et *n.* 1. Instruct: teagaisg, ionnsuich, oileanaich, muin, foghluim. 2. give intelligence: innis, thoir fios do.
TEACHABLE, *adj.* So-theagasg, soirbh, furas fhoghlum.
TEACHABLENESS, *s.* Soirbheachd.
TEACHER, *s.* Fear-teagaisg, fear-oilein, muinear, oide foghluim, teagasgair.
TEAGUE, *s.* Éireannach.
TEAL, *s.* Crannlach.
TEAM, *s.* Seisreach, seisir.
TEAM, *v. a.* Cuir an seisreach.
TEAR, *s.* 1. From the eyes: deur. 2. any moisture in drops: boinne, sileadh, braon. 3. a fissure: sracadh, reubadh, stròiceadh.
TEAR, *v. a.* et *n.* 1. Pull in pieces: srac, srachd, stròic, reub. 3. pull with violence: spìon, thoir as a chéile. 4. shatter: bris, bruan. 5. fume, rave: bi feargach, bi air a chuthach.
TEARFUL, *adj.* Deurach, dubhach, brònach.
TEASE, *v. a.* 1. Comb wool or flax: cìr, spiol, tlàm. 2. scratch cloth in order to level the nap: sgrìob. 3. torment: piàn, léir, buair, trioblaidich, cuir farran air.
TEASEL, *s.* Lus-an-fhucadair.
TEASER, *s.* Fear-pianaidh.
TEAT, *s.* Sine.
TECHNICAL, *adj.* Ealanta, ealaineach.
TECHNICALLY, *adv.* See Technical.
TECHY, *adj.* Frionasach, corrach, droch-mheinneach.
TEDDER, *s.* Teadhair, taod, còrd.
TEDDER, *v. a.* Teadhair, cuir taod ri.
TEDIOUS, *adj.* 1. By continuance: fadalach, caimdealach, ràsanach. 2. by prolixity: draoluinneach. 3. slow: màidheanach, màirnealach, mall, seamsanach.
TEDIOUSLY, *adv.* See Tedious.
TEDDIOUSNESS, *s.* 1. By continuance: fadal, ràsanachd. 2. by prolixity: draoluinneachd. 3. tiresomeness: maidheanachd, màirnealachd, athaiseachd.
TEEM, *v. a.* et *n.* 1. Bring forth, produce: sìolaich, beir. 2. pour: taom, cuir thairis. 3. bring young: beir, thoir a mach. 4. be pregnant: bi torrach, bi leth-tromach. 5. be full: bi làn.
TEEMER, *s.* Sìolaich.
TEEMFUL, *adj.* 1. Pregnant, prolific: torrach, sìolmhor. 2. brimful: làn, lom làn.
TEEMLESS, *adj.* Neo-thorrach.
TEENS, *s.* Deugan.
TEETH, *v. n.* Faigh fiaclan.
TEGUMENT, *s.* Còta, còmhdach, cochull, rùsg, sgrath.
TEINT, *s.* Dath, neul.
TELEGRAPH, *s.* Fios le comharraibh.
TELESCOPE, *s.* Gloine-fhradhairc, gloine fhad-shealladh.
TELL, *v. a.* et *n.* 1. Utter, express: innis, aithris, labhair, cuir an céill. 2. rehearse: aithris, innis, abair. 3. inform: innis, nochd, foillsich, foillsich. 4. discover, betray: nochd, foillsich, brath. 5. number: àireamh, aithris. 6. give an account: thoir fios, innis, cuir an céill.
TELLER, *s.* 1. One who tells: fear-aithris, fear-innsidh. 2. a numberer: fear-cunntais, fear-àireimh.
TELLTALE, *s.* See Talebearer.
TEMERITY, *s.* Braise, dànadas, caise.
TEMPER, *v. a.* 1. Mix: measgaich, coimeasg. 2. accomodate: dean comh-fhreagarrach, thoir gu freagairt. 3. soften: taisich, ciùinich, ìslich. 4. form metals to a proper degree of hardness: roinnich, thoir gu deadh fhaobhar.
TEMPER, *s.* 1. Due mixture: coimeasgadh, deadh mheasgadh. 2. middle course: dòigh mheadhonach. 3. of body: càil, nàdur, aorabh. 4. of mind: aigne, nàdur, càil. 5. moderation: measarrachd, ciall, suidheachadh. 6. state of metals reduced: faobhar, deadh fhaobhar.
TEMPERAMENT, *s.* Constitution: càileachd, nàdur, gnè. 2. due mixture: measarrachd.
TEMPERANCE, *s.* 1. Moderation: measarrachd, stuaim, stuamachd. 2. patience, calmness: foighidinn, ciùinead, ciùine, macantas.
TEMPERATE, *adj.* 1. Moderate in degree of any quality: measarra. 2. moderate in meat and drink: measarra, stuama. 3. free from ardent passions: macanta, foighidneach.
TEMPERATELY, *adv.* See Temperate.
TEMPERATENESS, *s.* See Temperance.
TEMPERATURE, *s.* See Temperament.
TEMPERED, *adj.* Mèinneach, nàdurrach. Good natured: deadh-nàdurrach, deadh-mhèinneach. Bad natured: droch-nàdurrach, droch-mhèinneach.
TEMPEST, *s.* 1. Of winds: stoirm, ànradh, ànrabh, doinnion, do-uair, gaillionn. 2. any tumult: buaireas, troimh-chéile.
TEMPESTUOUS, *adj.* Stoirmeil, doinnionnach, gaillionnach, gailbheach.
TEMPESTUOUSLY, *adv.* See Tempestuous.
TEMPESTUOUSNESS, *s.* Stoirmealachd.
TEMPLE, *s.* 1. Appropriated to religion: teampull, eaglais. 2. of the head: leth-cheann, cnuac.
TEMPORAL, *adj.* 1. Measured by time: aimsireil. 2. secular: talmhaidh, neo-eaglaiseil. 3. not spiritual: talmhaidh, saoghalta.
TEMPORALITY, } *s.* Seilbh saoghalta, seilbh neo-
TEMPORALS, } eaglaiseil.
TEMPORALLY, *adv.* See Temporal.
TEMPORALTY, *s.* 1. The laity: tuath, sluagh. 2. secular possessions: seilbh saoghalta, seilbh neo-eaglaiseil.
TEMPORARY, *adj.* Aimsireil, car ùine, rè seal.
TEMPORIZE, *v. n.* 1. Delay: maillich, cuir dàil, cuir seachad. 2. comply with the time, or occasions: bi réir nan àm, bi réidh air son buannachd.
TEMPORIZER, *s.* Mealltair, cealgair, fear leam-leat.
TEMPT, *v. a.* 1. Solicit to ill: buair, meall. 2.

provoke: buair, brosnuich. 3. solicit, draw: tàlaidh, tarruing. 4. try: feuch, thoir oirdheirp, oidhirpich. 5. prove: dearbh.

TEMPTATION, *s.* Buaireadh, mealladh, brosnuchadh.

TEMPTER, *s.* 1. An enticer: mealltair, fear-tàlaidh, buaireadair. 2. the infernal solicitor to evil: buaireadair.

TEN, *adj.* Deich.

TENABLE, *adj.* So-chumail, so-ghleidhidh, seasmhach, daingean.

TENACIOUS, *adj.* 1. Grasping hard: gremeil, gléidhteach. 2. retentive: dìonach, gléidhteach, a chumas. 3. cohesive, viscous: righinn, leanailteach. 4. niggardly: teann, spìocach, leibideach, gann, crìon.

TENACIOUSLY, *adv.* See Tenacious.

TENACIOUSNESS, TENACITY, *s.* Leanailteachd, dìonachd.

TENANCY, *s.* Gabhaltas, tuathanachas.

TENANT, *s.* 1. One that holds of another: tuathanach, gabhaltaich, fear-aonta. 2. one who resides in any place: tuathanach, fear-còmhnuidh.

TENANT, *v. a.* Gabh air son màil, àitich.

TENANTABLE, *adj.* So-àiteach, so chumail.

TENANTRY, *s.* Tuath.

TEND, *v. a.* et *n.* 1. Watch, guard: buachaillich, dìon, gléidh. 2. attend, accompany: fritheil, comhaidich. 3. move towards: aom, treòraich, siubhail a dh' ionnsuidh. 4. contribute: treòraich, thoir mu 'n cuairt. 5. attend: fritheil.

TENDANCE, *s.* See Attendance.

TENDENCE, TENDENCY, *s.* Aomadh, seòladh, cùrsa.

Travel, *v. a.* et *n.* 1. Pass, journey over: falbh feadh, siubhail thairis air. 2. make journeys: siubhail, triall, coisich, dean turus. 3. pass, go, move: falbh, gluais, imich. 4. labour, toil: oibrich, saothraich.

Travel, *s.* 1. Journey: turus, astar, siubhal. 2. journey of curiosity or instruction: turus, cuairt. 3. labour, toil: saothair, obair. 4. labour in child-birth: saothar chloinne, tinneas cloinne.

Travels, *s.* Leabhraichean turuis.

Traveller, *s.* Fear-turuis, fear-astair, uidhear, astaraiche.

Traverse, *adj.* Gu trasdach, tarsuinn.

Traverse, *prep.* Troimhe.

Traverse, *adj.* Trasdach, tarsuinn, crosgach.

Traverse, *s.* 1. Any thing laid or built across: tarsannan, tarsnan. 2. something that thwarts or obstructs: amladh, grabadh, ribeadh. 3. a flexure, a turning: fiaradh, camadh, lùbadh. 4. subterfuge, trick: mi-chleas, car.

Traverse, *v. a.* 1. Cross, lay athwart: cuir tarsuinn, cuir trasdach. 2. cross by way of opposition: grab, bac. 3. oppose: cuir an aghaidh. 4. wander over, cross: siubhail, triall, imich. 5. survey, examine thoroughly: rannsuich, feuch.

Tray, *s.* Sgàladh, clàr fada.

Treacherous, *adj.* Meallta, cealgach, foilleil, fealltach, fallsa.

Treacherously, *adv.* See Treacherous.

Treacherousness, *s.* Mealltaireachd, ceilg, foill, slaightearachd.

Treachery, *s.* Cealgaireachd, brathadh, feall, foill.

Treacle, *s.* Deireadh-siùcair, dràbhag-siùcair.

Tread, *v. a.* et *n.* 1. Walk on: coisich air, imich air. 2. press under the foot: saltair air. 3. walk on in a formal or stately manner: spailp air. 4. set the foot: ceum, falbh, imich, coisich. 5. trample: saltair. 6. walk with form or state: spailp. 7. copulate as birds: cliath.

Tread, *s.* 1. Footing, step with the foot: ceum, cois-cheum. 2. way, track, path: slighe, rathad, aisir.

Treader, *s.* Fear-bruthaidh, fear-saltairt.

Treadle, *s.* Cranna-cas, crann-coise, cliath.

Treason, *s.* Ceannairc, àr a mach, foill an aghaidh an righ, feall.

Treasonable, *adj.* Ceannairceach, foilleil, fealltach, traidhtearach.

Treasonably, *adv.* See Treasonable.

Treasure, *s.* Ionmhas, tasgaidh, eudail, maoin, stòras, earras, uipinn.

Treasure, *v. a.* Taisg, càrn suas, cruinnich.

Treasurer, *s.* Ionmhasair, fear-tasgaidh, òir-chisdear.

Treasurehouse, *s.* Tigh-ionmhais, tigh tasgaidh.

Treasuress, *s.* Ban-ionmhasair.

Treasury, *s.* Ionmhas, tigh-ionmhais, àite coimhead ionmhais.

Treat, *v. a.* et *n.* 1. Negotiate, settle: suidhich, dean suas, socraich. 2. discourse on: labhair air. 3. use in any manner: gréidh. 4. handle, manage: laimhsich, thoir air aghart. 5. entertain: thoir cuirm do, thoir aoidheachd do. 6. discourse: labhair, bi seanachas. 7. practice, negotiation: dean gnothach ri.

Treat, *s.* Cuirm, fleadh, féisd.

Treatable, *adj.* Measarra, soirbh, soitheamh.

Treatably, *adv.* See Treatable.

Treater, *s.* Fear-tabhairt cuirm, biadhtach.

Treatise, *s.* Leabhar, seanachas.

Treatment, *s.* 1. Usage: gréidheadh, càramh, gnàthachadh. 2. entertainment: cuirm, féisd, fleadh.

Treaty, *s.* 1. Negotiation: còrdadh, suidheachadh chùisean. 2. a compact of accomodation relating to public affairs: suidheachadh chùisean, còrdadh, coimh-cheangal.

Treble, *s.* 1. Threefold: trì fillte, trì filltean. 2. sharp of sound: caol, sgreadach, geur.

Treble, *v. a.* 1. Multiply by three: cuir trì fillte,

cuir trì filltean. 2. become threefold: bi trì filltean, fàs trì fillte.

TREBLE, *s.* Teud bheòil, teud a 's àirde fuaim.

TREBLY, *adv.* See Treble, *adj.*

TREE, *s.* Craobh, crann.

TREFOIL, *s.* Seamrag, trì-bhileach.

TRELLIS, *s.* Cliath.

TREMBLE, *v. n.* Crith, crithich, criothnaich, criothnuich.

TREMBLER, *s,* Fear-crith, gealtair, cladhair.

TREMBLING, *s.* Crith, criothnachadh, comh-bhogartaich.

TREMBLINGLY, *adv.* Gu crith-eagalach.

TREMENDOUS, *adj.* Ana-cuimseach, anabarrach, uamhasach, gailbheach.

TREMENDOUSLY, *adv.* See Tremendous.

TREMENDOUSNESS, *s.* Ana-cuimse, anabarras, anabarrachd.

TREMOUR, *s.* 1. The state of trembling: crith, ball-chrith, criothnachadh. 2. quivering or vibratory motion: crith, comh-bhogartaich.

TREMULOUS, *adj.* 1. Trembling, fearful: air chrith, crith-eagalach, eagalach, gealtach. 2. quivering, vibratory: a' comh-bhogartaich.

TREMULOUSLY, *vdv.* See Tremulous.

TRENCH, *v. a.* et *n.* 1. Cut: geàrr. 2. cut or dig into pits or ditches: cladhaich, tochail, bùraich. 3. fortify by earth thrown up: dìon le dìg, cuir being mu. 4. encroach: thig air crìch, thig air muin.

TRENCH, *s.* 1. A pit or ditch: dìg, slochd, toll, clais, cuith. 2. earth thrown up to defend a camp: being thalmhainn, dìg, clais-dhìonaidh.

TRENCHER, *s.* 1. A piece of wood on which meat is cut at table: mias, trinnsear. 2. the table: bòrd. 3. food: biadh.

TRENDLE, *s.* Cuartalan.

TREPAN, *s.* 1. An instrument: sgian chloiginn. 2. a snare: painntear, ribe.

TREPAN, *v. a.* 1. Perforate with the trepan: cladhaich le sgian-chloiginn. 2. catch, ensnare: painntirich, painntrich, rib, glac.

TREPIDATION, *s.* See Tremour.

TRESPASS, *v. n.* 1. Transgress, offend: ciontaich, peacaich. 2. enter unlawfully on another's ground: theirig thar crìch.

TRESPASS, *s.* 1. Transgression, offence: cionta, peacadh, coire, easaontas, eucoir. 2. unlawful entrance on another's ground: dol thar crìch, briseadh a stigh, ain-dlighe.

TRESPASSER, *s.* Ciontach, coireach.

TRESS, *s.* Camag, dual, cuairsgeag.

TRESSED, *adj.* Camagach, dualach, fàinneach, bachlach, bachullach.

TRET, *s.* Cor tomhais.

TREVET, *s.* Trì-chosach.

TREY, *s.* Fritheamh.

TRIABLE, *adj.* So-fheuchainn.

TRIAD, *s.* Trianaid.

TRIAL, *s.* 1. Test, examination: deuchainn, feuchainn. 2. experience, experimental knowledge: dearbhadh, deuchainn. 3. judicial examination: rannsuchadh, ceasnachadh, fidreachadh. 4. temptation: buaireadh, dearbhadh.

TRIANGLE, *s.* Tri-oisinneag.

TRIANGULAR, *adj.* Tri-oisinneach, tri-shlisneach.

TRIBE, *s.* Treubh, fineadh, aitim, cinneadh, sliochd, teaghlach.

TRIBULATION, *s.* Trioblaid, àmhghar, teinn, anshocair.

TRIBUNAL, *s.* 1. The seat of a judge: cathair breitheanais. 2. a court of justice: cuirt-ceartais, mòd.

TRIBUNE, *s.* Ceann-feadhna.

TRIBUTARY, *adj.* 1. Paying tribute as an acknowledgment of submission to a master: fo chìs, ìochdarach. 2. subject, subordinate: fuidh cheannsal, ìosal. 3. paid in tribute: ìoct' an cìs.

TRIBUTARY, *s.* Ìochdaran, fear fuidh chìs.

TRIBUTE, *s.* Cìs, càin, ùmhlachd.

TRIBUTE, *v. a.* Ìoc cìs, dìol cìs.

TRICE, *s.* Tiotadh, sealan, grathun.

TRICK, *s.* 1. A sly fraud: car, cleas, cuilbheart, gasdag. 2. a dexterous artifice: cleas, car tapaidh. 3. a vicious practice: droch cleas, dobheart. 4. a juggle: lùth-chleas. 5. a practice: cleachdadh, fasan. 6. a number of cards laid regularly up in play: làmh.

TRICK, *v. a.* et *n.* 1. Cheat: meall thoir an car á. 2. dress: sgeadaich, uidheamaich. 3. live by fraud: bi carach, bi meallta.

TRICKER, *s.* Deil-tharruing, iarunn leigidh.

TRICKING, *s.* Uidheam, sgeadachadh.

TRICKISH, *adj.* Carach, mi-chleasach.

TRICKLE, *v. n.* Sil braon, sruth.

TRIDENT, *s.* Muirgheadh.

TRIDENT, TRIDENTED, *adj.* Tri-fhiaclach.

TRIENNIAL, *adj.* Trì-bhliadhnach, gach trì-bliadhna.

TRIER, *s.* 1. One who tries experimentally: fear-feuchainn, fear-deuchainn. 2. one who examines judicially: fear-ceasnachaidh, fear-rannsachaidh.

TRIFLE, *v. n.* Dean faoineas, cluich, caith aimsir gu dìomhain.

TRIFLE, *s.* Ni suarach, priobaid, ni gun fhiù, faoineas, munar.

TRIFLER, *s.* Baothair, fear dìomhain.

TRIFLING, *adj.* Suarach, faoin, dìomhanach, gun fhiù.

TRIFLINGLY, *adv.* See Trifling.

TRIFLINGNESS, *s.* Dìomhanas, faoineachd.

TRIFOLIATE, *adj.* Trì-dhuilleach.

TRIGGER, *s.* Deil-tharruing, iarunn leigidh, snap.

TRIGONOMETRY, *s.* Tomhas triantain.

TRILATERAL, *adj.* Trì-shlisneach.

TRILL, *s.* Crith-fhuaim, trì-bhualadh, crith-chiùil.

TRILL, *v. a.* et *n.* 1. Utter quavering: trì-bhuail. 2. trickle: sil, braon, snith.

TRIM, *adj.* Sgiobalta, guamach, cuimir, cuanta.

TRIM, *v. a.* et *n.* 1. Fit out: deasaich, uidheamaich. 2. dress, decorate: uidheamaich, breaghaich. 3. shave, clip: beàrr, lomair. 4 make neat, adjust: ceartaich, càirich, cuir air dòigh. 5. balance,

fluctuate between two parties: bi an ioma-chomhairle.

TRIMLY, *adv.* See Trim, *adj.*

TRIMMER, *s.* 1. One who changes sides to balance parties: fear ìeam-ìeat. 2. a piece of wood inserted: geinn, spealg.

TRIMMING, *s.* Breaghachd, rìomhadh aodaich.

TRIMNESS, *s.* Sgeilmealachd, sgiobaltachd, guamachd.

TRINAL, *adj.* Trì-fillte, trì-filltean.

TRINITARIAN, *s.* Trìonaideach.

TRINITY, *s.* Trìonaid, trianaid.

TRINKET, *s.* 1. Toys, ornaments of dress: rud laoghach, seud, àilleagan. 2. things of no great value: ni suarach, ni gun fhiù.

TRIP, *v. a.* et *n.* 1. Supplant, throw by striking the feet from the ground: toll fodha, tilg thairis, cuir bacag, cuir cas bhacaig. 2. catch, detect: faigh a mach. 3. fall: tuislich, sleamhnaich, tuit. 4. fail, err: tuislich, rach mearachd. 5. take a short voyage: rach air turus beag.

TRIP, *s.* 1. By which the wrestler supplants his antagonist: bacag, cas-bhacag. 2. a stumble: tuisleadh, leagadh, sleamhnachadh. 3. a mistake: mearachd, fàilinn, tuiteamas. 4. a short voyage or journey: cuairt bheag, turus beag, ealt, ealta.

TRIPE, *s.* Mionach, maodal, greallach, abhsporag, puinnse.

TRIPHTHONG, *s.* Trì-fhoghair.

TRIPLE, *adj.* Tri-fillte, tri-filltean.

TRIPLE, *v. a.* Cuir tri-filltean, meudaich a thrì uiread.

TRIPLICATE, *adj.* Tri-fillteach, tri-fillte.

TRIPOD, *s.* Suidheagan thrì-chosach.

TRIPOLY, *s.* Gaineamh sgaiteach.

TRIPPER, *s.* Fear-cuir bacaig.

TRIPPING, *adj.* Grad, ealamh, clis.

TRIPPING, *s.* Danns' eutrom, car clis.

TRIPPINGLY, *adv.* See Tripping, *adj.*

TRIREME, *s.* Tri-ràmhach.

TRISYLLABICAL, *adj.* Trì-shiolach.

TRISYLLABLE, *s.* Trì-shioladh.

TRITE, *adj.* Caithte, sean, coitchionn, sean-fhasanta.

TRITELY, *adv.* See Trite.

TRITENESS, Seanachd, aosdachd.

TRIVIAL, *adj.* 1. Vile, worthless: suarach, dìblidh, coitchionn. 2. light, trifling: faoin, suarach gun fhiù, neo-luachmhor.

TRIVIALLY, *adv.* See Trivial.

TRIVIALNESS, *s.* Suaraichead, suarachas, cumantas.

TRIUMPH, *s.* 1. Pomp with which a victory is publicly celebrated: caithream, glòir-rèim, buaidhchaithream. 2. victory, conquest: buaidh. 3. joy for success: luathghair, gàirdeachas.

TRIUMPH, *v. a.* et *n.* 1. Subdue: buadhaich, faigh buaidh, thoir buaidh a mach. 2. celebrate: dean buaidh-chaithream, dean luathghair, caithreimich. 3. obtain victory: faigh buaidh. 4. insult upon: cleachd buaidh gu tarcuiseach.

TRIUMPHAL, TRIUMPHANT, *adj.* Buadhach, caithreamach.

TRIUMPHANTLY, *adv.* See Triumphant.

TRIUNE, *s.* Tri-aon, trionaid, trianaid.

TROAT, *v. a.* Bùir, raoic.

TRODDEN, *part.* Saltairte fo chosaibh.

TROLL, *v. a.* et *n.* 1. Drive about: cuir mu 'n cuairt. 2. move volubly: cuir air falbh gu siùbhlach. 3. utter volubly: labhair luath. 4. draw on: tàlaidh, tarruing ort. 5. go round: theirig mu 'n cuairt. 6. roll, run round: ruith timchioll.

TROLLOP, *s.* Sgleòid, sgliùrach, trustar caile.

TROOP, *s.* Buidheann, cuideachd, baidne, ceatharn.

TROOP, *v. n.* 1. March in a body: siubhail am buidheann. 2. march in haste: triall ìe cabhag, ruith, greas.

TROOPER, *s.* Saighdear marcachd.

TROPE, *s.* Muthadh seadh focail.

TROPHIED, *adj.* Sgeadaichte ìe cuid cobhartaich.

TROPHY, *s.* Suaicheanteas buadhach, craobh-chosgair.

TROPIC, *s.* Ionad tionndaidh na gréine.

TROPICAL, *adj.* Mu mheadhon an t-saoghail.

TROT, *v. n.* Trot, dean trotan, dean sodradh.

TROT, *s.* Trot, trotan, sodradh, sodrach.

TROTH, *s.* 1. Belief, faith: creideas. 2. truth: fìrinn, creideas, focal.

TROTHLESS, *adj.* Neo-fhìor, breugach, meallta.

TROTTER, *s.* 1. One that walks a jolting pace: trotair. 2. a sheep's foot: cas caorach.

TROUBLE, *v. a.* 1. Disturb, perplex: buair, trioblaidich, cuimrig, cuir dragh air. 2. afflict, grieve: léir, pian, cràidh. 3. distress: ciùrr, cràidh, cuir fuidh iomaguin. 4. engage over much: cuir gu trioblaid, cuir gu mòr shaothair. 5. give occasion of labour to: trioblaidich. 6. disorder: cuir thar a chéile. 7. teaze: pian, léir.

TROUBLE, *s.* 1. Disturbance, perplexity: buaireas, aimhreit, cangluinn, dragh, trioblaid. 2. calamity: àmhghar, trioblaid, doilgheas, léireadh. 3. molestation: trioblaid, brionglaid, dragh, maille. 4. vexation: trioblaid, iomaguin, an-shocair, léireadh.

TROUBLER, *s.* Fear-trioblaideachaidh, buaireadair.

TROUBLESOME, *adj.* Trioblaideach, bleideil, draghail, aimlisgeach.

TROUBLESOMELY, *adv.* See Troublesome.

TROUBLESOMENESS, *s.* Trioblaideachd, stràcaireachd, draghalachd.

TROUGH, *s.* Amar, losaid, ballan.

TROUNCE, *v. a.* Peanasaich, pian.

TROUT, *s.* Breac.

TROWEL, *s.* Spàin-aoil.

TROWSERS, *s.* Triubhas, leis-bhrat.

TRUANT, *s.* Leisgean, lunndair, sgoilear seabhaideach, coilltear.

TRUANT, *adj.* Leisg, lunndach, dìomhain, diomhanach.

TRUANTSHIP, *s.* Dìomhanas, leisg, lunndaireachd, coilltearachd.

TRUCE, *s.* Fosadh, fois, anail, osadh.

TRUCK, *v. a.* et *n.* Malairtich, dean iomlaid.

TRUCK, *s.* Malairt, iomlaid.

TRUCKER, *s.* Malairteach.

TRUCKLE, *v. n.* Cùb, crùb, stìog, bi fuidh smachd, lùb.

TRUCULENCE, } *s.* Gruamachd, ana-cneasdachd, an-
TRUCULENCY, } iochd, buirbe, fiadhaichead.
TRUCULENT, *adj.* 1. Savage, barbarous: garg, fiadhaich, ana-cneasda, an-iochdmhor, borb. 2. terrible of aspect: gruamach, duairceach. 3. destructive, cruel: millteach, fuilteach.
TRUDGE, *v. n.* Coisich gu sgìth, triall air éigin.
TRUE, *adj.* 1. Not false, not erroneous: fior, fìrinneach. 2. genuine: fior-ghlan, neo-thruaillidh. 3. faithful: dìleas, seasmhach. 4. honest: ceart, treibhdhireach. 5. exact: ceart, cothromach.
TRUEHEARTED, *adj.* Ionraic, dìleas, treibhdhireach.
TRUENESS, *s.* Dìlseachd, treibhdhireas, fìrinn.
TRUISM, *s.* Fìrinn dhearbhta.
TRULL, *s.* Siùrsach, strìopach, dubh-choitchionn.
TRULY, *adv.* See True.
TRUMP, *s.* 1. A trumpet: trombaid, tromb, buabhall. 2. a winning card: cairt bhuadhach.
TRUMP, *v. a.* et *n.* 1. Win with a trump card: coisinn le cairt bhuadhach. 2. impose upon: meall, thoir an car á. 3. obtrude, force: spàrr air. 4. trump *up:* cnuasaich, tionsgain. 5. blow a trumpet: séid trombaid, séid buabhall. 6. play a trump card: cluich cairt bhuadhach.
TRUMPERY, *s.* Faoineas, faoineachd, treallaich.
TRUMPET, *s.* 1. An instrument: trombaid, buabhall, buabhull. 2. a trumpeter: trombair, buabhullair. 3. one who praises: moltair, fear-molaidh.
TRUMPET, *v. a.* Séid le trombaid, foillsich, aithris.
TRUMPETER, *s.* Trombair, buabhullair, dùdair.
TRUNCHEON, *s.* 1. A short staff, a cudgel: lorg, bata, cuaille. 2. a staff of command: bat' oifig.
TRUNCHEON, *v. a.* Slachd, bat.
TRUNDLE, *v. a.* et *n.* 1. Bowl, roll: rol, cuir car mu char. 2. roll, bowl along: theirig car mu char.
TRUNDLE, *s.* Roillean, roithlean.
TRUNK, *s.* 1. Of a tree: stoc, corp. 2. the body without the limbs: corp, com. 3. of an elephant, or other animal: sròn, gnos. 4. for clothes: cisteag, cobhan, drong.
TRUNKED, *adj.* Stocach, corpach.
TRUNNION, *s.* Dealgan taoibh gunna mhòir.
TRUSION, *s.* Pùcadh, ruiseadh.
TRUSS, *s.* 1. A bandage for the rupture: crios bronn. 2. a bundle: trusan, trusadh, ceanglachan.
TRUSS, *v. a.* Trus, cruinnich, ceangail suas.
TRUST, *s.* 1. Confidence, reliance: earbsa, earbsadh, muinghinn. 2. charge received: earbsa, cùram. 3. confident opinion: dòchas, earbsa. 4. credit given: creideas. 5. credit on promise of payment: creideas.
TRUST, *v. a.* et *n.* 1. Confide in: earb ri, earb á, cuir dòchas ann, cuir muinghinn ann. 2. believe, credit: creid. 3. commit with confidence: cuir fuidh chùram, earb ri. 4. sell upon credit: reic air dàil, thoir creideas do. 5. be confident of something future: bi muinghinneach, bi earbsach. 6. be credulous: creid, thoir creideas do. 7. expect: bi 'n dùil.
TRUSTEE, *s.* Fear-earbsaidh, fear-cùraim.
TRUSTER, *s.* Fear-creidsinn, fear-toirt creideis.
TRUSTILY, *adv.* See Trusty.
TRUSTINESS, *s.* Creideas, treibhdhireas, ionracas, dìlseachd.
TRUSTLESS, *adj.* Neo-dhìleas, mi-dhìleas, neo-onorach.
TRUSTY, *adj.* 1. Honest, faithful: onorach, dìleas, fìrinneach, diongmhalta, seasmhach. 2. strong, stout: làidir, daingean, nach géill.
TRUTH, *s.* 1. The contrary to falsehood: fìrinn. 2. fidelity, constancy: dìlseachd, seasmhachd. 3. honesty, virtue: treibhdhireas, ionracas. 4. of a *truth:* gu dearbh, gu deimhinn.
TRUTHLESS, *adj.* Breugach, neo-fhìor.
TRY, *v. a.* et *n.* 1. Examine, make experiment of: feuch, cuir deuchainn air, dearbh. 2. experience, assay: fairich, fiosrach. 3. examine as a judge: rannsuich, ceasnaich. 4. purify, refine: glan, ath-ghlan. 5. endeavour, attempt: oidhirpich, feuch ri.
TUB, *s.* Tuba, measair, cursan, ballan, cùdainn.
TUBE, *s.* Pìob, feadan.
TUBERCULE, *s.* Plucan, guirean.
TUBEROUS, *adj.* Plucanach, cnapach, faobach.
TUCK, *s.* 1. A long narrow sword: claidheamh fada caol. 2. a kind of net: lìon cumhang, 3. a kind of fold: filleadh.
TUCK, *v. a.* Trus, sgioblaich, cruinnich, gualaich, teannaich.
TUCKER, *s.* Éideadh uchd.
TUESDAY, *s.* Di-màirt.
TUFT, *s.* 1. A number of any small bodies joined together: bab, babag, dos, bad, babaid. 2. a cluster, a lump: bad, badan, dòrlach.
TUFTED, } *adj.* Dosach, badanach, tomanach, tolm-
TUFTY, } anach.
TUG, *v. a.* et *n.* 1. Pull, draw: slaod, tarruing, dragh. 2. pull, pluck: spiol, spìon. 3. labour, contend: saothraich, gleachd, dean strì.
TUG, *s.* Tarruing, slaodadh, spìonadh, draghadh.
TUGGER, *s.* Fear-slaodaidh, fear-spìonaidh.
TUITION, *s.* Munadh, teagasg, oilean, togail suas, ionnsachadh.
TUMBLE, *v. a.* et *n.* 1. Turn over: tilg sìos, tionndaidh, cur car dheth, leag sìos. 2. fall: tuit, tuislich. 3. fall in great quantities tumultuously: tuit air muin a chéile. 4. roll about: cuir car dhiot.
TUMBLE, *s.* Tuiteam, tuisleadh, leagadh.
TUMBLER, *s.* 1. One who shews postures by various contortions of body: teud-chleasaiche, lùth-chleasaiche, caraiche. 2. a large drinking glass: gloine dheoch.
TUMBREL, *s.* Cairt innearach.
TUMID, } *adj.* 1. Swelling, puffed up: bòchd-
TUMOROUS, } ail, uaibhreach, atmhor. 2. protuberant: air at, air bòcadh. 3. pompous, boastful: spaideil, spairiseach, bochail, spagluinneach.
TUMOUR, *s.* 1. A morbid swelling: at, iongrachadh, màm. 2. a swell or rise of water: éiridh, at. 3. affected pomp: spagluinn, bochalachd.
TUMP, *s.* Meall, tom, cnoc.

TUMULT, *s.* 1. In a multitude: buaireas, bruaillean, troimh chéile, tuasaid. 2. an irregular violence: iorghuill, sabaid, aimhreit.

TUMULTUARY, *adj.* Mi-riaghailteach, buaireasach, aimhreiteach.

TUMULTUOUS, *adj.* Buaireasach, aimhreiteach, mi-riaghailteach, iorghuilleach, caonasgach.

TUMULTUOUSLY, *adv.* See Tumultuous.

TUN, *s.* Tunna.

TUNABLE, *adj.* Ceòlmhor, fonnmhor, comh-cheòlach, binn.

TUNABLENESS, *s.* Fonnmhorachd, binnead.

TUNABLY, *adv.* See Tunable.

TUNE, *s.* 1. Notes put together: port, fonn. 2. sound, note: fonn, ceòl, séisd. 3. harmony: comh-sheirm, comh-cheòl. 4. state of giving due sounds: fonn, gleus. 5. fit temper: fonn, sunnd.

TUNE, *v. a.* et *n.* 1. To produce proper sounds: gleus, cuir am fonn. 2. sing harmoniously: seinn. 3. put into order: gleus. 4. form one sound to another: dean comh-cheòl.

TUNEFUL, *adj.* Binn, ceileireach, ceòlmhor, leadarra, fonnmhor.

TUNELESS, *adj.* Gun fhonn, neo-fhonnmhor, neo-cheòlmhor,ràsanach.

TUNER, *s.* Fear-gleusaidh.

TUNIC, *s.* Cota Ròmanach.

TUNING, *s.* Gleusadh, cur am fonn.

TUNNAGE, *s.* 1. Of a vessel: tomhas a réir tunna. 2. tax laid by a tun: cìs tunna.

TUNNEL, *s.* 1. Of the chimney: luidhear, luidheir, pìob dheataich. 2. by which liquor is poured: tunnadair, lìonadair.

TUNNEL, *v. a.* Dean mar luidhear, dean feadanach.

TUP, *s.* Reithe, rùta.

TUP, *v. a.* et *n.* 1. Cover as a ram: reith. 2. but, as a ram: mulc, put.

TURBAN, *s.* Currachd Thurcach.

TURBID, *adj.* Tiugh, salach, ruaimleach.

TURBIDNESS, *s.* Tiughachd, salcharachd, ruaimleachd.

TURBOT, *s.* Turbaid.

TURBULENCE, TURBULENCY, *s.* Aimhreit, buaireas, mi-riaghailt, ùprait, cangluinneachd, mi-shìobhaltachd.

TURBULENT, *adj.* Aimhreiteach, buaireasach, mi-riaghailteach, daobhaidh, riastranach.

TURBULENTLY, *adv.* See Turbulent.

TURD, *s.* Cac, innear, aolach, salchar.

TURF, *s.* Fòid, fòd, sgrath, tota.

TURF, *v. a.* Fòid, còmhdaich le fòidean.

TURFY, *adj.* Fòideach, sgrathach.

TURGID, *adj.* 1. Swelling: atmhor, séidte, a' lìonadh suas. 2. pompous: atmhor, spagluinneach, stràiceil, bochail.

TURGIDITY, *s.* 1. State of being swollen: lìonadh suas, at. 2. pompousness: spagluinneachd, stràic, meud-mhòr.

TURKEY, *s.* Coileach Francach, cearc Fhrancach.

TURMOIL, *s.* Buaireas, ùprait, aimhreit.

TURN, *v. a.* et *n.* 1. Move round, revolve: tionndaidh cuir mu 'n cuairt. 2. put the upper side downwards: tionndaidh, cuir a cheann fuidhe. 3. with respect to position: tionndaidh, atharraich. 4. form on a lathe: tionndaidh. 5. shape: cum, dealbh. 6. change: mùth, caochail, atharraich. 7. make of another colour: mùth. 8. translate: tionndaidh, eadar-theangaich. 9. convert: iompaich. 10. with regard to temper: tionndaidh, pill, atharraich. 11. transfer: atharraich. 12. make giddy: cuir 'n a thuainealaich. 13. change direction: pill, tionndaidh. 14. in the mind: beachd-smuainich, cnuasaich. 15. blunt: maolaich. 16. reverse, repeal: thoir air ais, gairm air ais. 17. keep passing: malairtich. 18. turn *away*, dismiss: cuir air falbh, tionndaidh air falbh. 19. turn *away*, avert: cum air ais, cum air falbh. 20. turn *off*: tionndaidh air falbh. 21. have a circular motion: tionndaidh, rach mu 'n cuairt. 22. change posture: tionndaidh, atharraich. 23. move the face to another quarter: pill, tionndaidh. 24. alter: mùth, caochail. 25. become by a change; he turns *white*: tha e a' fàs geal.

TURN, *s.* 1. The act of turning: tionndadh, dol mu 'n cuairt. 2. meander, winding way: tionndadh, lùbadh, lùb, car. 3. a walk to and fro: cuairt, sràid. 4. alteration: mùthadh, seach, atharrachadh. 5. chance: tuiteamas, tubaist. 6. occasion: cothrom. 7. actions of kindness or malice: gnothach, cùis, seirbhis. 8. reigning inclination: aomadh, claonadh, lùbadh. 9. convenience: seirbhis, feum. 10. form, cast: car, samhladh, coltas, dreach. 11. new position: car. 12. *by* turns: an déigh a chéile.

TURNCOAT, *s.* Fear-tréigsinn companaich, fear leam leat, mealltair.

TURNER, *s.* Tuairnear, cruinnire, crumanaiche, déileadair.

TURNING, *s.* 1. Flexure, winding: tionndadh, lùb, car. 2. deviation from the way: tionndadh, seacharan.

TURNIP, *s.* Nèap, nèip.

TURNPIKE, *s.* Cachaileith cìse.

TURNSICK, *adj.* Tuainealach.

TURNSTILE, *s.* Cachaileith air frith-rathad.

TURPENTINE, *s.* Bìth giubhais.

TURPITUDE, *s.* Gràinealachd, truailleachd.

TURRET, *s.* Turaid, tùr bheag, baideal, binnein.

TURRETED, *adj.* Turaideach, binneagach.

TURTLE, TURTLEDOVE, *s.* Turtur, smùdan.

TUSH, *interj.* Uist.

TUSK, *s.* Fiacaill, fiacail, tosg, starr-fhiacail, sgor-fhiacail.

TUSKED, TUSKY, *adj.* Sgor-fhiaclach, fiaclach, tosgach.

TUT, *interj.* Tut.

TUTELAGE, *s.* Oideas, togail suas.

TUTELAR, TUTELARY, *s.* Tèarmunnach.

TUTOR, *s.* Oid'-ionnsachaidh, teagasgair, fear-foghluim, taoitear.

TUTOR, *v. a.* Ionnsuich, teagaisg, muin, foghluim.

TUTORAGE, *s.* Smachd teagasgair, uachdaranachd fir-foghluim.

TUTORESS, } *s.* Ban-mhaighstir cloinnne, bean teag-
TUTRIX, } aisg.

TWAIN, *adj.* Dithis.

TWANG, *v. a.* et *n.* 1. Make to sound sharply: thoir fuaim smiorail air, abair le fuaim geur. 2. sound with a quick noise: dean fuaim geur.

TWANG, *s.* Fuaim geur, srann.

TWANK, *v. n.* Srann, dean fuaim.

TWATTLE, *v. n.* Dean goileam, dean cabaireachd, bi gobaireachd.

TWEAK, *v. a.* Pioc, gomagaich, bruth.

TWEAK, *s.* Imcheist, ioma-chomhairle.

TWEEDLE, *v. a.* Laimhsich, meuraich.

TWEEZERS, *s.* Greimiche, spioladair.

TWELFTH, *adj.* Dara-deug, dara thar deug.

TWELVE, *adj.* Dhà-dheug.

TWELVEMONTH, *s.* Bliadhna.

TWENTIETH, *adj.* Ficheadamh.

TWENTY, *adj.* Fichead.

TWICE, *adv.* Dà uair, gu dùbailte.

TWIG, *s.* Buinneag fiùran, faillean, bunsag, slatag, bailleag, maothran.

TWIGGY, *adj.* Slatagach, fiùranach, failleanach, bailleagach.

TWILIGHT, *s.* Eadar-sholus, camhanach, camhfhair, dubharach.

TWILIGHT, *adj.* Doilleir, dorch, dubharach.

TWILL, *v. a.* Figh.

TWIN, *s.* Leth-aon, leth-dhuine.

TWIN, *v. n.* 1. Be born at the same birth: bi air do bhreith maille ri neach eile. 2. bring two at once: beir dithis.

TWINE, *v. a.* et *n.* 1. Twist, or complicate so as to unite: toinn, figh, dual. 2. unite itself: aon. 3. convolve itself: gabh toinneamh, figh, toinn mu. 4. wind, make flexures: lùb, bi lùbach.

TWINE, *s.* 1. A twisted thread: sgéinnidh, snàth toinnte. 2. twist, convolution: lùb, toinneamh 'r a chéile.

TWINGE, *v. a.* Torment with sudden and short pains: guin, cràidh. 2. pinch: pioc, gomagaich.

TWINGE, *s.* 1. Short, sharp pain: goimh, guin, cràdh. 2. a pinch: gomag, bìdeag, piocadh.

TWINKLE, *v. n.* 1. Sparkle: srad, dealraich. 2. open and shut the eye by turns: priob, caog.

TWINKLE, } *s.* 1. A sparkling intermitting light:
TWINKLING, } srad, sradadh, boillsgeadh, dealradh. 2. of the eye: priobadh, caogadh. 3. a short space: tacan, grathun, tiota.

TWINLING, *s.* Leth-uan.

TWINNED, *adj.* Càraideach.

TWIRL, *v. a.* et *n.* 1. Move by a quick rotation: cuir mu 'n cuairt luath. 2. revolve with a quick motion: rach mu 'n cuairt luath, ruith mu 'n cuairt.

TWIRL, *s.* 1. Rotation, circular motion: dol mu 'n cuairt, cuartalan. 2. twist, convolution: toinneamh.

TWIST, *v. a.* et *n.* 1. Form by complication: toinn, snìomh, dualaich. 2. contort, writhe: toinn, snìomh. 3. form, weave: figh. 4. unite, insinuate: cuir an amladh a chéile. 5. be contorted: bi toinnte.

TWIST, *s.* 1. Any thing made by convolution: toinneamh, snìomh. 2. of a cord: toinntean, snàthain. 3. a string: sgéinnidh, còrd. 4. contortion, writhe: toinneamh, snìomh, lùbadh. 5. the manner of twisting: toinneamh, snìomh.

TWISTER, *s.* 1. One who twists: fear toinnimh, fear-snìomh. 2. the instrument of twisting: inneal toinnimh.

TWIT, *v. a.* Fochaidich, dean fanaid air, sgeig, mag.

TWITCH, *v. a.* Spìon, spiol, pioc, truis, biorg.

TWITCH, *s.* 1. A quick pull: spìonadh, spioladh, piocadh. 2. of the fibres: guin, goimh, biorgadh.

TWITTER, *v. n.* 1. Make a sharp tremulous noise: dean dearrasan. 2. be suddenly moved: togair, fairich togradh. 3. burst into a smile, or laugh: dean gàire, dean frith ghàire.

TWITTER, *s.* Sitrich, dearrasan.

TWIST, *prep.* See Betwixt.

TWO, *adj.* Dà, dhà, dithis.

TWO-EDGED, *adj.* Dà-fhaobharach, dà-fhaobhar.

TWOFOLD, *adj.* } Da-fhillte, dùbailt.
TWOFOLD, *adv.* }

TWO-HANDED, *adj.* 1. That employs both hands: dà-làmhach. 2. large, bulky: mòr, tomultach.

TYE, *s.* Ceangal, snadhim.

TYER, *s.* Fear-ceangail.

TYMPANY, *s.* Seid.

TYPE, *s.* 1. Emblem, mark of something: samhladh, comharradh. 2. a printing letter: forman.

TYPE, *v. a.* Samhlaich.

TYPICAL, *adj.* Samhlach, a' comharrachadh.

TYPICALLY. *adv.* See Typical.

TYPIFY, *v. a.* Samhlaich.

TYPOGRAPHIC, } *adj.* 1. Emblematical: samh-
TYPOGRAPHICAL, } lach. 2. belonging to the printer's art: a' chlò-bhualaidh.

TYPOGRAPHY, *s.* 1. Emblematical representation: samhladh, sgàil, dealbh. 2. the art of printing: clò-bhualadh.

TYRANNICAL, *adj.* Ain-tighearnail, an-iochdmhor, cruaidh, smachdail, ceannasach, ainneartach.

TYRANNICALLY, *adv.* See Tyrannical.

TYRANNIZE, *v. a.* et *n.* Cleachd ain-tighearnas, bi ain-tighearnail, bi cruaidh, an-bhruidich.

TYRANNY, *s.* Ain-tighearnas, an-iochd, cruaidh-smachd, an'-bhruid.

TYRANT, *s.* Ain-tighearn, fear-fòirneirt, fear-ainneirt, an'-bhruideach, ann-righ.

TYRO, *s.* Foghlumach, foghlumaiche, sgoilear.

VACANCY, *s.* 1. Empty space: failmhe, failmhead, àite falamh. 2. chasm: fàslach, còs, bèarn. 3. of a post, or employment: fosgladh, dreuchd bhàn. 4. time of leisure: fois, tàmh, clos, anail. 5. of thought: mi-chùram, neo-thoirt.

VACANT, *adj.* 1. Empty, void: falamh. 2. free: saor, gun dragh. 3. not filled by an incumbent, or possessor: falamh, fàs, bàn. 4. disengaged: saor, gun dragh. 5. thoughtless: faoin, dìomhain, neo-chùramach.

VACATE, *v. a.* 1. Annul: falmhaich, cuir air cùl. 2. make vacant: fàg, tréig, dean falamh. 3. defeat: crìochnaich, thoir gu ceann.

VACATION, *s.* 1. Recess of courts: anail, ùine shaor, tàmh. 2. leisure: fois, tàmh, clos.

VACCARY, *s.* Bàthaiche, bàthach, bà-thigh.

VACCINATE, *v. a.* Cuir breac a' chruidh.

VACCINATION, *s.* Cur breac a' chruidh.

VACILLATE, *v. n.* Bi 's an turaman, bi ńull 's a ńall.

VACILLATION, *s.* Turaman, turamanachadh, siùdan, seògan, luasgan, iomlaideachd.

VACUATE, *v. a.* Falmhaich, falmhuich, dean falamh.

VACUATION, *s.* Falmhachadh, deanamh falamh.

VACUITY, *s.* 1. Emptiness: falmhachd. 2. space unfilled: ionad falamh, àite falamh. 3. inanity, want of reality: faoineas, falamhachd.

VACUUM, *s.* Ionad falamh, àite falamh, failmhe.

VAGABOND, *adj.* Falbhanach, seabhaideach, siùbhlach, iomrallach, seachranach.

VAGABOND, *s.* Fògarach, fear-fuadain, fear-seabhaid, fear iomrallach, falbhair.

VAGARY, *s.* 1. A wandering: iomrall, seabhaid, seabhas. 2. a wild freak: faoin dhòchas, faoin bharail.

VAGRANCY, *s.* Falbhanachd, seabhasachd, seabhaid.

VAGRANT, *adj.* Iomrallach, seabhaideach, siùbhlach, falbhanach, seachranach.

VAGRANT, *s.* Fear-fuadain, iarradair siùbhlach.

VAGUE, *adj.* Siubhlach, iomrallach, seabhaideach, falbhanach, neo-shuidhichte.

VAIL, *v. a.* et *n.* 1. Let fall: leig sìos. 2. fall: tuiit, ìslich. 3. yield: strìochd, géill.

VAIN, *adj.* 1. Ineffectual: faoin, dìomhain, neo-éifeachdach, neo-thàbhachdach. 2. empty: sgàileach, faileasach, falamh, fàs. 3. meanly proud: bòsdail, stràiceil. 4. ostentatious: basdalach, loiseamach, sgeilmeil. 5. idle, worthless: dìomhain, suarach, baoth, faoin. 6. false, not true: breugach, meallta. In *vain*: an dìomhain.

VAINGLORIOUS, *adj.* Spagluinneach, gloichdeach, uallach.

VAINGLORY, *s.* Glòir-dhìomhain, faoin-ghlòir, ràiteachas, spagluinn.

VAINLY, *adv.* See Vain.

VAINNESS, *s.* See Vanity.

VALE, *s.* 1. See Valley. 2. money given to servants: airgiod dùraichd, dùrachd.

VALEDICTION, *s.* Beannachd, cead, soraidh.

VALENTINE, *s.* 1. A sweetheart: leannan. 2. a letter on Valentine's day: litir-leannanachd.

VALERIAN, *s.* Lus-nan-tri-bilean. Wild valerian: caoirin-leanna.

VALET, *s.* Gille-coise, gille-frithealaidh.

VALETUDINARIAN, } *adj.* Tinn, breòite, lag, euslaint-
VALETUDINARY, } each.

VALETUDINARIAN, *s.* Neach euslainteach, duine tinn, duine breòite.

VALIANT, *adj.* Treun, araiceil, gaisgeil, foghainteach, cròdha, fearail.

VALIANTLY, *adv.* See Valiant.

VALIANTNESS, *s.* See Valour.

VALID, *adj.* 1. Strong, powerful: làidir, neartmhor, tàbhachdach, éifeachdach. 2. having intellectual force: cumhachdach, comasach, cudthromach, seasmhach.

VALIDITY, *s.* Neart, cumhachd, tàbhachd, éifeachd.

VALLEY, *s.* Gleann, srath, lag, glachd.

VALOROUS, *adj.* Treun, gaisgeil, calma, curanta, gaisgeanta.

VALOUR, *s.* Treuntas, treubhantas, ceatharnachd, gaisge curantachd, cròdhachd.

VALUABLE, *adj.* 1. Precious: luachmhor, prìseil, daor. 2. deserving regard: measail, luachmhor, prìseil, fiach.

VALUATION, *s.* Meas, luach, fiach.

VALUATOR, *s.* Fear-meas, measadair.

VALUE, *s.* Luach, prìs, fiach, toirt.

VALUE, *v. a.* 1. Rate at a certain price: luach, prìsich. 2. rate highly: cuir meas air, cuir luach air. 3. appraise: meas, luach. 4. be worth: bi luachmhor.

VALUER, *s.* Fear-meas.

VALVE, *s.* 1. A folding door: còmhla-lùthaidh, duilleag doruis. 2. over the mouth of a vessel: brod, còmhdach. 3. (in anatomy): duilleag.

VAN, *s.* 1. Of an army: toiseach, ceud sreath. 2. a fan: fuaragan. 3. with which the air is beaten: sgiath.

VANE, *s.* Coileach gaoith.

VANGUARD, *s.* Toiseach feachd, ceud sreath, comhfhlath.

VANISH, *v. n.* Rach as an t-sealladh, falbh mar sgàile, sìolaidh air falbh, teich.

VANITY, *s.* 1. Uncertainty, inanity: dìomhanas, faoineas. 2. fruitless desire: dìomhanas, amaideachd. 3. falsehood, untruth: neo-fhìrinn, breug. 4. ostentation, arrogance: uaill, bòsd, spagluinn. 5. petty pride: bòsd, uaill.

VANQUISH, *v. a.* Buadhaich, cìosnaich, ceannsaich, thoir gu géill.

VANQUISHER, *s.* Buadhaiche, buadhaire.

VANTAGE, *s.* 1. Gain, profit: cosnadh, buannachd, tairbhe. 2. superiority: cothrom, a' chuid a 's fèarr. 3. opportunity, convenience: cothrom.

VANTAGE-GROUND, *s.* Cothrom-talmhainn.

VAPID, *adj.* Marbhanta, air dol aog, gun sùgh, gun bhlas, gun bhrìgh, domblasda.

VAPIDNESS, *s.* Marbhantachd, domblasdachd.

VAPORATION, *s.* See Evaporation.

VAPORISH, *adj.* 1. Vaporous: ceòthach, ceòthmhor. 2. splenetic, peevish: frionasach, cas, frithearra.

VAPOROUS, } *adj.* 1. Full of vapours: ceòthach,
VAPORY, } ceòmhor, smùideach. 2. windy, flatulent: gaothar.

VAPOUR, *s.* 1. Fume, steam: ceò, ceathach, deatach, deathach, smùid, grian-dheatach. 2. wind, flatulence: gaoth. 3. mental fume, vain imagination: smuairean, airtneal, leann-dubh.

VAPOUR, *v. a. n.* 1. Scatter in fumes or vapour: sgaoil an smùid, cuir 'n a cheò. 2. fly off in evaporations: smùid, éirich, 'n ad cheò. 3. bully, brag: maoidh, bùitich.

VARIABLE, *adj.* Caochlaideach, mùiteach, neo-sheasmhach, neo-bhunailteach.

VARIABLENESS, *s.* Caochlaideachd, iomluaths, iomluathas, mùiteachd, neo-sheasmhachd.

VARIABLY, *adv.* See Variable.

VARIANCE, *s.* Eas-còrdadh, aimhreit, comh-fharpuis.

VARIATION, *s.* 1. Change, mutation: caochladh, atharrachadh, mùthadh. 2. of nouns: mùthadh: caochladh. 3. deviation: diubhar, dealachadh.

VARIEGATE, *v. a.* Breac, ballaich, stiallaich, dean eug-samhuil.

VARIEGATED, *adj.* Breac, ballach, ioma-dhathach.

VARIEGATION, *s.* Breacadh.

VARIETY, *s.* 1. Change, succession: mùthadh, atharrachadh, caochladh. 2. difference: mùthadh, diubhar, eadar-dhealachadh. 3. deviation: mùthadh, caochladh. 4. many and different kinds: iomadh seòrsa, iomadh gnè.

VARIOUS, *adj.* 1. Different, several: iomadh, liutha, liuthad, iol-ghnèitheach. 2. changeable: mùiteach, caochlaideach. 3. unlike each other: eug-samhuil, iol-ghnèitheach. 4. variegated: breac, ballach, ioma-dhathach.

VARIOUSLY, *adv.* See Various.

VARLET, *s.* 1. A servant: gille-coise, gille-frithealaidh. 2. a term of reproach: slaightear, crochair, loguid.

VARNISH, *s.* 1. Laid upon bodies to make them shine: bhàirnis, dath dealrach. 2. palliation: leisgeul, brat-foluich.

VARNISH, *v. a.* 1. Cover with something shining: còmhdaich le dath dèalrach. 2. palliate: thoir leisgeul, gabh leisgeul.

VARNISHER, *s.* Fear dathaidh sgiamhach, leisgeulaiche.

VARY, *v. a.* et *n.* 1. Change: atharraich, mùth, caochail. 2. make of different kinds: dean iol-ghnèitheach, dean eug-samhuil. 3. diversify: breac, ballaich, dean eug-samhuil. 4. be changeable: mùth, atharraich, caochail. 5. be unlike each other: bi eug-samhuil. 6. deviate: rach a thaobh, claon. 7. disagree: troid, eas-còrd.

VASE, *s.* Soire, soitheach sgeilmeil.

VASSAL, *s.* 1. One who holds of a superior lord: ìochdaran, tuathanach. 2. a dependant: ìochdaran. 3. a servant: seirbhiseach, tràill, òglach suarach, tàrlaid.

VASSALAGE, *s.* Seirbhis, tràillealachd, daorsa.

VAST, *adj.* 1. Large, great: mòr, fior mhòr. 2. viciously great: anabarrach, ana-cuimseach, fuathasach, uamhasach.

VAST, *s.* Fàsach, ionad fàsail.

VASTLY, *adv.* See Vast, *adj.*

VASTNESS, *s.* Anabarrachd, ana-cuimse, aidhbheileachd.

VAT, *s.* Dabhach.

VAULT, *s.* 1. A continued arch: bogha, ceann-stuaigh. 2. a cellar: seilear. 3. a cave: uamha, tuam. 4. a repository for the dead: uaigh, tuam.

VAULT, *v. a.* et *n.* 1. Arch: cuir bogh' air, tog bogha. 2. leap, jump: leum, gèarr surdag.

VAULTED, *adj.* Crom, mar bhogha.

VAULTER, *s.* Leumadair.

VAUNT, *v. a.* et *n.* 1. Boast: dean uaill, dean bòsd, cuir uaill á. 2. play the braggart: bi spleadhach, dean spagluinn, cuir uaill á.

VAUNT, *s.* Uaill, bòsd, spagluinn.

VAUNTER, *s.* Sgeilmear, fear spagluinneach.

UBEROUS, *adj.* Pailt, torrach, biadhchar.

UBIQUITY, *s.* Uile-làthaireachd.

UDDER, *s.* Ùth, ùgh, àrcan.

UDDERED, *adj.* Ùthach.

VEAL, *s.* Laoigh-fheoil, feòil laoigh.

VEER, *v. a.* et *n.* 1. Let out: leig a mach. 2. turn, change: tionndaidh, atharraich. 3. turn about: tionndaidh mu 'n cuairt, rach mu 'n cuairt.

VEERING, *s.* Atharrachadh, tionndadh, cur mu 'n cuairt, dol mu 'n cuairt.

VEGETABLE, *s.* Luibheanach, luibheannachd, lus.

VEGETABLE, *adj.* Luibheach, lusach.

VEGETATE, *v. n.* Fàs mar lus, cinnich, cinn.

VEGETATION, *s.* Fàs luibhean, cinneachadh, cinneas.

VEGETATIVE, *adj.* A' fàs mar luibh, a' cinneachadh.

VEGETE, *adj.* Beothail, lùthmhor, smiorail.

VEHEMENCE, } *s.* 1. Violence, force: gairgead,
VEHEMENCY, } gairge, spionnadh. 2. ardour: déine, déinead, dealas, braiseachd.

VEHEMENT, *adj.* 1. Violent, forcible: garg, làidir, neartmhor. 2. ardent, eager: dian, bras, dealasach, deothasach.

VEHEMENTLY, *adv.* See Vehement.

VEHICLE, *s.* Uidheam giùlain, feun, carbad.

VEIL, *s.* 1. To conceal the face: gnùis-bhrat, brat, brat-sgàilidh. 2. a disguise: còmhdach, brat-cleith.

VEIL, *v. a.* 1. Cover with a veil: còmhdaich le gnùis-bhrat. 2. cover: còmhdaich. 3. conceal: folaich, foluich, cleith.

VEIN, *s.* 1. Through which the blood flows to the heart: cuisle, fèith. 2. hollow, cavity: còs. 3.

of metal in the mine: cuisle, slighe. 4. of the mind, or genius: togradh, toil, gnè. 5. humour, temper: nàdur, càil. 6. streak, variegation: stiall.

VEINED, VEINY, *adj.* 1. Full of veins: fèitheach cuisleach. 2. streaked: stiallach, breac.

VELLICATE, *v. a.* Spìon, spiol.

VELLICATION, *s.* Spìonadh, spioladh.

VELLUM, *s.* Craicionn mìn air son sgrìobhaidh.

VELOCITY, *s.* Luaths, luathas, luathailteachd, deann.

VELVET, *s.* Beilbheid, sìoda mìn mollach.

VENAL, *adj.* 1. Mercenary: so-reicidh, reiceach, an geall air duais, sanntach. 2. contained in the veins: cuisleach, fèitheach.

VEND, *v. a.* Reic.

VENDER, *s.* Fear-reic, reiceadair.

VENDIBLE, *adj.* Reiceach, so-reic, margadail, margail.

VENEMOUS, *adj.* Puinnsionach, nimheil.

VENERABLE, *adj.* Urramach, measail, airidh air urram, airbhinneach.

VENERABLENESS, *s.* Urramachd, measalachd.

VENERABLY, *adv.* See Venerable.

VENERATE, *v. a.* Urramaich, cuir meas air, thoir onoir do.

VENERATION, *s.* Urramachadh, urram, meas, onoir, àrd-urram.

VENERATOR, *s.* Fear-urramachaidh.

VENEREAL, VENEREOUS, *adj.* Druiseil, feòlmhor.

VENERY, *s.* 1. The sport of hunting: sealg, sealgaireachd. 2. the pleasure of the bed: connanachd, connan.

VENGE, *v. a.* See Avenge.

VENGEANCE, *s.* Dìoghaltas, peanas, aicheamhal.

VENGEFUL, *adj.* Dìoghaltach, mì-ṙunach.

VENIABLE, VENIAL, *adj.* 1. Pardonable, excusable: leisgeulach, so-mhathaidh. 2. permitted: ceadaichte.

VENIALNESS, *s.* Leisgeulachd.

VENISON, *s.* Sithionn.

VENOM, *s.* Puinnsion, puinnsean, nimh.

VENOMOUS, *adj.* Puinnsionach, puinnsionta, nimheil.

VENOMOUSLY, *adv.* See Venomous.

VENOMOUSNESS, *s.* Nimhneachd.

VENT, *s.* 1. A small aperture: toll, tollan, toll-feadain, toll-àile, deatachan. 2. passage out of secrecy to public notice: leigeadh a mach, dol a mach, dol fo sgaoil. 3. the act of opening: fosgladh. 4. emission, passage: slighe, rathad. 5. sale: reic, margadh.

VENT, *v. a.* et *n.* 1. Let out at a small aperture: leig a mach, leig fo sgaoil. 2. utter, report: leig fo sgaoil, leig ruith le, cuir o 's àird. 3. emit, pour out: dòirt, taom a mach. 4. publish: foillsich, nochd. 5. sell: reic. 6. snuff: tarruing le d' shròn.

VENTILATE, *v. a.* 1. Fan with wind: cuir ri gaoith, fasgain. 2. examine: rannsuich, fidrich.

VENTILATION, *s.* 1. The act of fanning: fuarachadh, cur ris a' ghaoith. 2. refrigeration: fuarachadh, fionnarachadh. 3. examination: rannsuchadh, fidreachadh.

VENTILATOR, *s.* Fuaragan seòmair.

VENTRICLE, *s.* 1. The stomach: goile, brù. 2. any small cavity in an animal body: còs.

VENTRILOQUY, *s.* Brù-bhruidhinn, brù-chainnt.

VENTURE, *s.* 1. A hazard: cunnart, gàbhadh. 2. chance, hap: cunnart, tuairmse. 3. a stake: geall. 4. at a *venture:* air thuairmse.

VENTURE, *v. a.* et *n.* 1. Expose to hazard: cunnartaich, cuir an cunnart, cuir an gàbhadh. 2. put on a venture: cuir air thuairmse. 3. dare: gabh cuid cunnairt. 4. run a hazard: rach an cunnart, rach an gàbhadh. 5. venture *at:* oidhirpich, thoir ionnsuidh. 6. never venture, never won: mur feuch cha 'n fhaigh.

VENTURER, *s.* Fear-gàbhaidh.

VENTURING, *s.* Dol an cunnart, dol an gàbhadh.

VENTUROUS, *adj.* Dàna, misneachail a' gabhail cunnairt, neo-sgàthach.

VENTUROUSLY, *adv.* See Venturous.

VENTUROUSNESS, *s.* Dànachd, misneach.

VENUS, *s.* Reul na maidne.

VERACIOUS, *adj.* Fìrinneach, fìor.

VERACITY, *s.* Fìrinn, fìrinneachd.

VERB, *s.* Facal, focal, briathar.

VERBAL, *adj.* 1. Spoken, not written: briathrach, beòil, focail, foclach, focalach. 2. consisting in mere words: foclach, briathrach. 3. minutely exact in words: puncail am foclaibh. 4. literal: litireil.

VERBALLY, *adv.* See Verbal.

VERBATIM, *adv.* Focal air son focail.

VERBERATE, *v. a.* Buail, sgiùrs, gabh air.

VERBIAGE, *s.* Briathrachas.

VERBOSE, *adj.* Foclach, focalach, briathrach.

VERBOSITY, *s.* Briathrachas, gobaireachd.

VERDANT, *adj.* Gorm, uaine.

VERDICT, *s.* Breith, barail, binn.

VERDIGRISE, *s.* Meirg pràise.

VERDURE, *s.* Uaine, feur uaine, glasradh.

VERGE, *s.* 1. A rod, an emblem of authority: slat-shuaicheantais. 2. brink, edge: oir, foir, iomall.

VERGE, *v. n.* Aom, claon, teann ri.

VERIFIABLE, *adj.* So-dhearbhaidh.

VERIFIER, *s.* Fear-dearbhaidh na fìrinn.

VERIFY, *v. a.* Dearbh, coimh-dhearbh, daingnich, còmhdaich, fìrinnich.

VERILY, *adv.* Gu dearbh, gu deimhin, gu fìrinneach.

VERITABLE, *adj.* Fior, cinnteach, fìrinneach.

VERITABLY, *adv.* See Veritable.

VERITY, *s.* 1. Truth, consonance to the realty of things: fìrinn. 2. a true tenet: ràdh fior, fìrinn dhearbhta.

VERMICULOUS, *adj.* Cnuimheach, durragach.

VERMILION, *s.* Càrnaid, corcur, basg-luath.

VERMILION, *v. a.* Dath dearg.

VERMIN, *s.* Biastan cronail, meanbh chreutairean.

VERMINOUS, *adj.* Biastagach, mialach.

VERNACULAR, *adj.* Màthaireil, dùthchasach, dualach.

VERNAL, *adj.* An earraich, do 'n earrach.

VERSATILE, *adj.* 1. That may be turned round:

so-thionndaidh, so-chur mu 'n cuairt. 2. changeable, variable: mùiteach, caochlaideach, luaineach, luasganach. 3. easily applied to a new task: iol-bheusach.

VERSATILITY, *s.* Mùiteachd, luaineachd, caochlaideachd.

VERSE, *s.* 1. A line consisting of a certain succession of sounds: rann. 2. section or paragraph of a book: rann, earrann. 3. poetry, lays: rannaidheachd, bàrdachd.

VERSE, *v. a.* Aithris an rannaidheachd, cuir an dàn. Be versed in: bi ionnsuicht' ann.

VERSIFICATION, *s.* Bàrdachd, duanaireachd, rannaidheachd.

VERSIFY, *v. a.* et *n.* Dean rann, dean bàrdachd, rannaich, cuir an rannaidheachd.

VERSION, *s.* 1. Change, transformation: tionndadh, atharrachadh, caochladh. 2. translation, or the act of translating: eadar-theangachadh.

VERTEBRAL, *adj.* A bhuineas do chnàimh an droma.

VERTEBRE, *s.* Alt droma.

VERTEX, *s.* 1. Zenith: àird' an speur. 2. the top of any thing: mullach, binnean.

VERTICAL, *adj.* Dìreach os ceann.

VERTICALLY, *adv.* An druim an adhair.

VERTIGINOUS, *adj.* 1. Rotatory: rothach, cuairsgeach. 2. giddy: tuainealach, timchiollach, siùdanach.

VERTIGO, *s.* Tuaineal, tuaicheal, stùird, stùirdean.

VERVAIN, *s.* Trom-bhad.

VERY, *adj.* Fìor, ceart. *That* very *hour*: a' cheart uair sin.

VERY, *adv.* Ro, gu fior, gu mòr, glé.

VESICLE, *s.* Leus, bolg, builgein.

VESICULAR, *adj.* Còsach.

VESPER, *s.* Reul an fheasgair.

VESPERS, *s.* Ùrnuigh fheasgair.

VESSEL, *s.* Soitheach, eathar.

VEST, *s.* Peiteag, peitean, aodach cuim.

VEST, *v. a.* 1. Dress, enrobe: éid, sgeadaich, còmhdaich. 2. invest with: cuir an seilbh, suidhich.

VESTAL, *s.* Cailleach-dhubh, maighdean, òigh.

VESTAL, *adj.* Maighdeanail.

VESTIGE, *s.* Aile, lorg, comharradh.

VESTMENT, *s.* Aodach, sgeadach, trusgan, culaidh, earradh.

VESTRY, *s.* 1. A room for the sacerdotal garments: seòmar na culaidh. 2. a parochial assembly: coinneamh fhoirfeach.

VESTURE, *s.* Trusgan, earradh, aodach, culaidh.

VETCH, *s.* Peasair-chapuil, peasair-fhionain, peasair luchag, fiat-ghal.

VETERAN, *s.* Sean laoch, sean saighdear.

VEX, *v. a.* et *n.* 1. Plague, torment: dorranaich, léir, pian, cràidh. 2. disturb, disquiet: buair, léir, pian, cràidh. 2. disturb, disquiet: buair, léir, dorranaich. 3. trouble with slight provocations: buair, pian, léir, cuir dragh air, sàruich, sgìthich. 4. fret: bi frionasach, bi frithearra.

VEXATION, *s.* 1. The act of troubling: léireadh, buaireadh, sàruchadh. 2. uneasiness, sorrow: léireadh, aineadas, buaireadh, aimheal, dorran, cùradh, farran, àmhghar. 3. a slight teasing trouble: dragh, trioblaid.

VEXATIOUS, *adj.* 1. Afflictive, troublesome: dorranach, farranach, buaireasach, àmhgharach. 2. full of trouble: trioblaideach, iomaguineach. 3. teasing: draghail, trioblaideach.

VEXATIOUSLY, *adv.* See Vexatious.

VEXATIOUSNESS, *s.* Farran, dorran, aineadas.

VEXER, *s.* Buaireadair, fear-sàruchaidh.

UGLILY, *adv.* See Ugly.

UGLINESS, *s.* 1. Deformity, contrariety to beauty: gràinndead, gràinnde, duaichneachd. 2. turpitude: gràinealachd, déisinneachd.

Ugly, *adj.* Grannda, duaichnidh, déisinneach.

VIAL, *s,* Soitheach gloine, searrag.

VIAND, *s.* Lòn, biadh deasaichte.

VIATICUM, *s.* Lòn-turuis, biadh-siubhail.

VIBRATE, *v. a.* et *n.* 1. Brandish: crath, luaisg, turamanaich, crith. 2. make to quiver: trì-buail, 3. play up and down: bi air chrith, seòg. 4. quiver: trì-buail.

VIBRATION, *s.* Luasgadh, crathadh, trì-bualadh.

VIBRATORY, *adj.* Seògach, a' trì-bualadh.

VICAR, *s.* 1. The incumbent of an appropriated or impropriated benefice: comh-arba. 2. a substitute: fear-ionaid.

VICARAGE, *s.* Beathachadh chomh-arba.

VICARIOUS, *adj.* An riochd, an ionad.

VICARSHIP, *s.* Dreuchd chomh-arba.

VICE, *s.* 1. Depravity of manner: dubhailc, aingidheachd, coiripeachd. 2. a fault, an offence: lochd, droch-bheart, coire. 3. a kind of small iron press: greimich, glamar. 4. grasp: greim.

VICEGERENT, *s.* Fear-ionaid.

VICEROY, *s.* Fear-ionaid righ, mòr-uachdaran.

VICINAGE, *s.* Coimhearsnachd, nàbuidheachd.

VICINAL, *adj.* Dlùth, teann air.

VICINITY, *s.* 1. Nearness: foguisge, foguisgead. 2. neighbourhood: coimhearsnachd, nàbuidheachd.

VICIOUS, *adj.* Dubhailceach, dò-bheartach, coiripidh, olc, droch-mhuint.

VICIOUSLY, *adv.* See Vicious.

VICISSITUDE, *s.* Atharrachadh, caochladh, mùthadh, tionndadh.

VICTIM, *s.* 1. A sacrifice: ìobairt, tabhartas. 2. something destroyed: neach air a chiùrradh.

VICTOR, *s.* Buadhaire, buadhaiche, gaisgeach, curaidh.

VICTORIOUS, *adj.* Buadhach, buadhmhor, caithreamach, cosgarra.

VICTORIOUSLY, *adv.* See Victorious.

VICTORIOUSNESS, *s.* Buadhachas.

VICTORY, *s.* Buaidh, caithream, buaidh làrach, cosgarachd.

VICTUAL, } *s.* Biadh, lòn, teachd-an-tìr, beathannan,
VICTUALS, } biotailt, biotailte.

VICTUAL, *v. a.* Solair lòn, biadh, trus biadh.

VICTUALLER, *s.* Fear-solair lòin, trusaiche.

VIDELICET, *adv.* Eadhon, 's e sin ri ràdh.

VIDUITY, *s.* Bantrachas.

VIE, *v. a.* et *n.* 1. Stake, wager: cuir geall. 2.

contest, contend: cuir strì, dean spàirn, gleachd ri.

VIEW, *v. a.* et *n.* 1. Survey: beachdaich air, dearc, seall. 2. see, perceive by the eye: seall, amhairc, faic.

VIEW, *s.* 1. Prospect: sealladh, fradharc. 2. power of beholding: sealladh, fradharc, léirsinn. 3. intellectual sight: beachd, amharc. 4. act of seeing: faicinn. 5. survey, examination by the eye: beachdachadh. 6. appearance: sealladh, aogas. 7. prospect of interest: dùil. 8. intention, design: rùn.

VIEWER, *s.* Fear-amhairc, beachdair.

VIGIL, *s.* 1. Watch, devotions performed in the customary hours of rest: aodhradh oidhche, ùrnuigh oidhche. 2. a fast kept before a holiday: trasg. 3. forbearance of sleep: faire, caithris.

VIGILANCE, } *s.* 1. Forbearance of sleep: faire,
VIGILANCY, } caithris. 2. watchfulness, circumspection: furachas, furachras, aire, faicill. 3. guard, watch: faire, dìon.

VIGILANT, *adj.* Furachail, faicilleach, aireach, aireachail, caithriseach.

VIGILANTLY, *adv.* See Vigilant.

VIGOROUS, *adj.* Neartmhor, beothail, làidir, calma, greimeil.

VIGOROUSLY, *adv.* See Vigorous.

VIGOUR, *s.* 1. Force, strength: spionnadh, neart, làidireachd, lùth, treis. 2. mental force: comas, cumhachd. 3. energy, efficacy: éifeachd, tàbhachd, beothachd, beothantachd.

VILE, *adj.* 1. Base, mean, worthless: suarach, dìblidh, tàireil. 2. morally impure, wicked: truaillidh, gràineil, dubhailceach.

VILELY, *adv.* See Vile.

VILENESS, *s.* 1. Baseness, meanness: suaraichead, suarachas, tàirealachd. 2. moral or intellectual baseness: gràinealachd, truaillidheachd.

VILIFY, *v. a.* 1. Debase, degrade: ìslich, dean tàireil, dean suarach. 2. defame, make contemptible: maslaich, mi-chliùthaich, càin, cùl-chàin.

VILLA, *s.* Baile duin' uasail, tigh samhraidh.

VILLAGE, *s.* Baile beag, frith-bhaile, baile dùthcha, clachan.

VILLAGER, *s.* Fear baile bhig, fear frith-bhaile.

VILLAIN, *s.* 1. A servant: òglach, fear-muinntir. 2. a wicked wretch: crochair, slaightear.

VILLANAGE, *s.* Tràillealachd.

VILLANOUS, *adj.* Suarach, olc, aingidh, gràineil, slaightearach.

VILLANOUSLY, *adv.* See Villanous.

VILLANY, *s.* 1. Wickedness, baseness: aingidheachd, slaight, slaigtearachd, gràinealachd, truailleachd. 2. a wicked action, a crime: ciont, lochd, dòbheart.

VILLOUS, *adj.* Ròmach, molach, giobach, caiteineach.

VINCIBLE, *adj.* So-cheannsachaidh, so-chlaoidh.

VINDICATE, *v. a.* 1. Justify, support: fìreanaich, taic, cum cothrom ri, gabh a leisgeul, tagair. 2. revenge: dìoghail, thoir a mach aicheamhal. 3. assert, claim with efficacy: tagair. 4. protect from censure: saor, fìreanaich.

VINDICATION, *s.* Dìon, tagradh, fìreanachadh.

VINDICATOR, *s.* Fear-fìreanachaidh, tagradair, leisgeulaiche, fear-dìona.

Imitator, *s.* Samhladair, fear-leanmhuinn.
Imitatrix, *s.* Ban-shamhladair.
Imitor, -ari, *v. dep.* Riochdaich, comh-shamhlaich, lean.
Immanis, *adj.* Fiadhaich, garg, an-iochdmhor; *magnitudine:* mòr, ro-mhòr, ana-cuimseach; *ferus:* fiadhaich, allaidh.
Immanitas, *s.* Buirbe, gairge, brùidealachd; *magnitudo:* meudachd, morachd.
Immansuetus, *adj.* Garg, fiadhaich, borb.
Immaturitas, *s.* Anabuicheachd, neo-iomlanachd, luathaireachd.
Immaturus, *adj.* An-abuich, luatharach.
Immedicabilis, *adj.* Do-leigheas, neo-leigheasach.
Immemor, *adj.* Dì-chuimhneach, mi-chùramach, coma.
Immemorabilis, *adj.* D-ìchuimhneach.
Immensitas, *s.* Anabarrachd, aibhseachd.
Immensus, *adj.* Mòr, ana-cuimseach, anabarrach, fuathasach.
Immerens, *adj.* Neo-airidh, mi thoillteanach.
Immergo, -ere, *v. a.* Vide Mergo.
Immerito, *adv.* Gu neo-airidh, gu mi-thoillteanach.
Immeritum, *s.* Mi-thoillteanas, neo-airidheachd.
Immigro, -are, *v. n.* Imich a steach.
Immineo, -ere, *v. n.* Croch os ceann, bagair; *proxime es:* bi dlùth, bi teann air.
Imminuo, -ere, *v. a.* Lughdaich, beagaich.
Imminutio, *s.* Lughdachadh, beagachadh.
Immisceo, -ere, *v. a.* Comh-mheasgaich, measgaich le.
Immisericors, *adj.* Neo-thruacanta, an-iochdmhor.
Immissio, *s.* Cur a steach, leigeil a steach.
Immitis, *adj.* Garg, anabuich, an-iochdmhor, neo-thruacanta.
Immitto, -ere, *v. a.* Cuir a steach, cuir a stigh; *jacte:* tilg; *immisce:* comh-mheasgaich, coimisg.
Immobilis, *adj.* Neo-gluasadach, maireannach.
Immoderatio, *s.* Anabarr, ana-measarrachd.
Immoderatus, *adj.* Ana-measarra, anabarrach, ana-cuimseach, fuathasach.
Immodestia, *s.* Mi-stuamachd, mi-ghleamnuidheachd, ana-measarrachd.
Immodestus, *adj.* Mi-nàrach, mi-bheusach, neo-gheamnuidh; *immensus:* anabarrach, ana-cuimseach.
Immodicus, *adj.* Anabarrach, ana-cuimseach, ana-measarra.
Immolatio, *s.* Ìobradh, ìobairt.
Immolo, -are, *v. a.* Ìobair, thoir ìobairt.
Immorior, -iri, *v. dep.* Bàsaich air.
Immortalis, *adj.* Neo-bhàsmhor, neo-chrìochnach, bith-bhuan.
Immortalitas, *s.* Neo-bhàsmhorachd, neo-chrìochnachd.
Immulgeo, -ere, *v. a.* Vide Mulgeo.
Immunditia, *s.* Salcharachd, trusdaireachd.
Immundus, *adj.* Salach, neò-ghlan.
Immunificus, *adj.* Mìodhoir, spiocach.
Immunis, *adj.* Saor; *innocuus:* ionraic, saor, neo-choireach.
Immunitas, *s.* Saorsa, fuasgladh, cead.
Immutabilis, *adj.* Neo-ghluasadach, neo-chaochlaideach.
Immutabilitas, *s.* Neo-ghluasadachd, neo-chaochlaideachd.
Immutatio, *s.* Gluasad, mùthadh, caochladh.
Immutio, -ire, *v. n.* Dean gnosail.
Immuto, -are, *v. a.* Atharraich, caraich.
Imo, *conj.* Seadh, ach.
Impages, *s.* Fiaclachadh.
Impar, *adj.* Neo-chòmhnard, neo-fhreagarrach, neo-cholltach.
Imparatus, *part.* Neo-dheasaichte, neo-uidheamaichte.
Impasco, -ere, *v. a.* Ionaltair le.
Impatibilis, *adj.* Do-ghiùlain, do-iomchair.
Impatiens, *adj.* Mi-fhoighidneach, neo-fhoighidneach.
Impatientia, *s.* Mi-fhoighidinn, neo-fhoighidinn.
Impavidus, *adj.* Neo-sgàthach, dàna, misneachail.
Impedimenta, *s.* Àirneis feachd.
Impedimentum, *s.* Bacadh, amladh, grabadh.
Impedio, -ere, *v. a.* Bac, amail, grab.
Impeditio, *s.* Bacadh, grabadh, amladh.
Impedito, -are, *v. a.* Bac, amail.
Impeditus, *adj.* Bacta, amailte.
Impello, -ere, *v. a.* Greas, brosnuich, spàrr.
Impendeo, -ere, *v. n.* Croch os ceann; *es proxime:* dlùthaich, bi ag làimh.
Impendiosus, *adj.* Cosdail.
Impendium, *s.* Cosdas.
Impendo, -ere, *v. a.* Cosd, caith.
Impenetrabilis, *adj.* Do-thollta, do-chladhaichte, dùinte.
Impensa, *s.* Cosdas.
Impensus, *adj.* Mòr, cumhachdach; *pretiosus:* cosdail, daor.
Imperator, *s.* Uachdaran, riaghlair, ceannard.
Imperatorius, *adj.* Ceannsachail, smachdail.
Imperatrix, *s.* Ban-uachdaran, ban-riaghlair.
Imperatum, *s.* Àithne, òrdugh.
Imperco, -ere, *v. a.* Na caomhain.
Imperfectus, *adj.* Neo-fhoirfe, neo-iomlan.
Imperiosus, *adj.* Ain-tighearnail, ainneartach, smachdail, garg, fiadhaich, an-iochdmhor, borb.
Imperitia, *s.* Aineolas, mi-ealantachd.
Imperito, -are, *v. a.* Riaghail, bi thairis air.
Imperitus, *adj.* Aineolach, neo-theòma, neo-ealanta, neo-ionnsuichte.
Imperium, *s.* Uachdranachd, riaghladh, ùghdarras, cumhachd, rìoghachd.
Impermissus, *adj.* Mi-laghail, neo-cheadaichte.

Impero, -are, *v. a.* Riaghail, marasglaich, òrduich, àithn.
Imperspicuus, *adj.* Doilleir, dorch.
Impertio, -ire, *v. a.* } Tabhair, tiodhlaic, com-
Impertior, -ire, *v. dep.* } pàirtich.
Impervius, *adj.* Do-ṙoinnte, dùinte, druidte.
Impes, *s.* Ionnsuidh, ruathar.
Impetigo, *s.* Frìde, frìdeag.
Impeto, -ere, *v. a.* Thoir ionnsuidh.
Impetrabilis, *adj.* So-aslachaidh, so-iarruidh.
Impetratio, *s.* Faotainn, faighinn.
Impetro, -are, *v. a.* Faigh, crìochnaich, thoir gu crìch.
Impetus, *s.* Ionnsuidh, ruathar, sitheadh, dian-oidhirp, neart.
Impietas, *s.* Mi-dhiadhachd, mi-ṅaomhachd.
Impiger, *adj.* Dìchiollach, gleusta, ealamh, ullamh, grad, luath.
Impigritas, *s.* Dìchioll, ealamhachd, graidead.
Impingo, -ere, *v. a.* Buail air, spealg.
Impius, *adj.* An-diadhuidh, as-creidmheach, aingidh, mi-ṅaomha.
Implacabilis, *adj.* Do-ṙéiteachail, do-chasgaidh.
Implacidus, *adj.* Do-thoileachaidh, neo-thlusail.
Impleo, -ere, *v. a.* Lion; *pinguedine:* reamhraich, dean reamhar; *fac:* dèan, coimhlion; *satisfac:* toilich, riaraich.
Implexus, *s.* Filleadh, suaineadh.
Implicatio, *s.* Filleadh, suaineadh, figheadh.
Implicitus, *adj.* Suainte, comh-fhillte; *difficilis:* duilich, deacair, ciogailteach.
Implico, -are, *v. a.* Fill, suain, figh, measgaich, coimheasg.
Imploratio, *s.* Guidhe, iarruidh, asluchadh.
Imploro, -are, *v. a.* Guidh, iarr, asluich.
Implumbo, -are, *v. a.* Daingnich, tàth.
Implumis, *adj.* Neo-iteagach, rùisgte.
Impluo, -ere, *v. n.* Vide Pluo.
Impluvium, *s.* Clais-uisge.
Impolite, *adv.* Gu mi-mhodhail, gu balachail.
Impono, -ere, *v. a.* Cuir, suidhich, leag, sònruich; *fraudem alicui:* meall, thoir an car á; *junge:* aon, ceangail ṙi, cuir ṙi.
Importo, -are, *v. a.* Thoir a stigh, giùlain a stigh.
Importunitas, *s.* Liosdachd, leamhachas.
Importunus, *adj.* Dreanganach, frionasach; *intempestivus:* neo-amail, á am; *solicitus:* iarrtach, aslachail.
Importuosus, *adj.* Gun challa.
Impos, *adj.* Neo-chomasach.
Impositio, *s.* Leagadh, leagail air.
Impositius, } *adj.* Leagt' air.
Impositivus, }
Impossibilis, *adj.* Do-dhèanta, neo-chomasach.
Impotens, *adj.* Lag, anfhann; *vehemens:* bras, meamnach, do-chasgaidh.
Impotentia, *s.* Laigse, anmhunnachd, neo-chomas; *vehementia.* braise, déine.
Imprecatio, *s.* Mallachadh, mallachd.
Imprecor, -ari, *v. dep.* Mallaich, guidh mallachd air.
Impressio, *s.* Comharradh, ailt, saoil; *impetus:* ionnsuidh, ruathar.
Imprimis, *adv.* 'S a' cheud àite.
Imprimo, -ere, *v. a.* Comharraich, saoil.
Improbabilis, *adj.* Neo-choslach, neo-chreidsinneach.
Improbatio, *s.* Toirmeasg, dì-moladh.
Improbitas, *s.* Eas-ionracas, foill, ceilg.
Improbo, -are, *v. a.* Toirmisg, diùlt; *vitupera:* càin.
Improbus, *adj.* Olc, neo-fhallain, cealgach, foilleil, carach, aingidh; *aspectu:* gràndа, gràda; *audax:* dàna, ladarna; *atrox:* garg, an-iochdmhor.
Impromptus, *adj.* Mall, màirnealach, neo-ealamh.
Impropero, -are, *v. a.* Greas, luathaich.
Improperus, *adj.* Mall, adhaiseach.
Improprius, *adj.* Mi-iomchuidh, neo-fhreagarrach.
Improsper, *adj.* Mi-shealbhach, mi-shona.
Improvidus, *adj.* Mi-fhaicilleach, neo-fhreasdalach.
Improvisus, *adj.* Obann, gun dùil.
Imprudens, *adj.* Neo-chrionna, gòrach, amaideach.
Imprudentia, *s.* Neo-chrionnachd, gòraiche.
Impubes, } *adj.* An-abuich.
Impubis, }
Impudens, *adj.* Dàna, ladarna, bathaiseach.
Impudentia, *s.* Dànadas, ladarnas, bathaiseachd.
Impudicitia, *s.* Neo-gheammuidheachd, mi-gheamnuidheachd.
Impudicus, *adj.* Mi-gheamnuidh, neò-ghlan, feòlmhor.
Impugnatio, *s.* Cathachadh, strì.
Impugno, -are, *v. a.* Cath, cog, dean strì ṙi, cuir an aghaidh.
Impulsio, *s.* Pùcadh, upag, gluasad, carachadh, impidh.
Impulsor, *s.* Fear-brosnuchaidh, fear-impidh.
Impulsus, *s.* Ionnsuidh, buille; *motus:* gluasad; *persuasio:* impidh.
Impune, *adv.* Gun pheanas, gu saor.
Impunitas, *s.* Saorsa, neo-dhioghaltas, saorsa o pheanas.
Impuratus, *adj.* Salach, neò-ghlan, truaillidh.
Impuritas, *s.* Neò-ghloine, truaillidheachd.
Impuritiae, *s.* Slaightearachd.
Impurus, *adj.* Neò-ghlan, truaillidh, olc, aingidh; *immundus:* salach, mosach.
Imputator, *s.* Fear-cuir as leth, fear-maslachaidh.
Imputo, -are, *v. a.* Cuir as leth, cuir air, coirich; *æstima:* cunnt, meas.
In, *praep.* Ann, an, am, anns; *adversus:* an aghaidh; *ob:* air son; *donec:* gu, gus; *erga:* a dh'ionnsuidh; *per:* troimh, roimh.
Inaccessus, *adj.* Do-ṙuigsinn, do-ṙuigheachd.
Inaequabilis, *adj.* Neo-chòmhnard, neo-fhreagarrach.
Naequalitas, *s.* Neo-choimeasachd, neo-ionannachd, neo-fhreagarrachd.
Inaequo, -are, *v. a.* Dean còmhnard, dean réidh.
Inaestimabilis, *adj.* Do-mheas, ro-luachmhor.
Inaestuo, -are, *v. a.* Goil suas.
Inaffectatus, *adj.* Nàdurra.

Inamabilis, *adj.* Neo-thaitneach, neo-ghràdhach.
Inambitiosus, *adj.* Neo-spairiseach, neo-bhòsdail.
Inamaenus, *adj.* Neo-thaitneach.
Inane, *s.* Ionad falamh, àite fas.
Inaniae, *s.* Faoineas.
Inaniloquus, *adj.* Faoin-ghlòireach, baoth-chainnteach.
Inanimus, *adj.* Marbh, neo-bheothail.
Inanio, -ire, *v. a.* Falmhaich, dean falamh.
Inanis, *adj.* Falamh, as eugmhais ; *sine onere :* neoluchdaichte ; *vanus :* dìomhain, faoin ; *ingenio :* baoth, amaideach, gòrach.
Inanitas, *s.* Dìomhanas, faoineachd, faoineachd, falamhachd.
Inarefactus, *adj.* Tiormaichte.
Inareo, -ere, *v. n.* Tiormaich.
Inaresco, -ere, *v. incep.* Fàs tioram, tiormaich.
Inassuetus, *part.* Neo-chleachdta.
Inaudax, *adj.* Gealtach, lag-chridheach.
Inaudio, -ire, *v. a.* Cluinn.
Inauguratio, *s.* Coisrigeadh.
Inauguro, -are, *v. a.* Fàisnich, fiosaich ; *consecra :* coisrig.
Inauris, *s.* Cluas-fhàil, fàileachan.
Inauro, -are, *v. a.* Òr, dealtraich.
Inauspicato, *adv.* Gu neo-shealbhach, gu neo-shona.
Incaeduus, *adj.* Neo-ghèarrta.
Incallidus, *adj.* Simplidh, saor, neo-charach.
Incantamentum, *s.* Geasadaireachd, drùidheachd, buitseachd.
Incanto, -are, *v. a.* Cuir fuidh gheasaibh, cuir buitseachd air.
Incanus, *adj.* Liath, glas.
Incautus, *adj.* Neo-chùramach, neo-fhaicilleach.
Incedo, -ere, *v. n.* Falbh, imich, triall.
Incendiarius, *adj.* Loisgeadair.
Incendium, *s.* Teine, losgadh.
Incendo, -ere, *v. a.* Loisg, cuir r' a theine ; *cruciatu :* léir, pian ; *cohortatione :* misnich ; *excita :* bruid, bruidich.
Incensio, *s.* Losgadh, cur r' a theine.
Incensus, *adj.* Neo-chunnta, neo-àireamhta.
Inceptio, *s.* Toiseach, tòiseachadh.
Inceptor, *s.* Fear-tòiseachaidh, fear-feuchainn.
Inceptum, *s.* Toiseach, oidhirp, deuchainn.
Inceptus, *s.* Gnìomh, cùis, oidhirp.
Incerniculum, *s.* Criathar.
Incerno, -ere, *v. a.* Criathair.
Incero, -are, *v. a.* Céir.
Incertum, *s.* Neo-chinnteachas, teagamhachd.
Incesso, -ere, *v. a.* Thig, thig am fagus, dlùthaich ; *manu :* glac, greimich ; *lacesse :* brosnuich, feargaich.
Incessus, *s.* Imeachd, coiseachd, siubhal.
Incesto, -are, *v. a.* Truaill, salaich.
Incestum, *s.* Col.
Incestus, *adj.* Collach, collaidh, truaillidh, salach.
Incestus, *s.* Col.
Inchoo, -are, *v. a.* Tòisich ; *fini :* crìochnaich, dèan.
Incido, -ere, *v. a.* Vide In et Cado.
Incido, -ere, *v. a.* Vide In et Cædo.
Incile, *s.* Dìg, clais, guitear.
Incilis, *adj.* Dìgeach, claiseach, guitearach.
Incipio, -ere, *v. a.* Tòisich ; *conare :* oidhirpich, feuch ri.
Incise, *adv.* 'N a mhìribh.
Incisio, *s.* Gearradh.
Incisura, *s.* Gearradh, sgathadh.
Incita, *s.* Oir, iomall.
Incitamentum, *s.* Brosnuchadh, gluasad ; *attractio :* tarruing, tàladh.
Incitate, *adv.* Gu cabhagach, gu luath.
Incitatio, *s.* Greasad, buideadh, brosnachadh misneachadh.
Incitatus, *s.* Gluasad, carachadh, brosnuchadh.
Incito, -are, *v. a.* Brosnuich, bruidich, misnich.
Incivilis, *adj.* Mi-mhodhail, neo-shìobhalt.
Inclamo, -are, *v. n.* Gairm, glaodh.
Inclemens, *adj.* Neo-aoidheil, neo-chaoimhneil, gruamach, an-iochdmhor, neo-thlusail.
Inclementia, *s.* An-iochd, neo-thruacantachd.
Inclinabilis, *adj.* Deònach, togarrach, miannach, déigheil.
Inclinatio, *s.* Aomadh, claonadh ; *animi :* déigh, toil, togradh ; *mutatio :* mùthadh, atharrachadh.
Inclinatus, *adj.* Crom, claon ; *debilis :* lag, fann ; *animus :* deònach, togarrach.
Inclinis, *adj.* Crom, lùbach.
Inclino, -are, *v. a.* et *n.* Crom, lùb ; *verte :* tionndaidh ; *defice :* seac, meath, searg.
Includo, -ere, *v. a.* Dùin a stigh, druid a stigh.
Inclusio, *s.* Dùnadh a stigh, druideadh.
Inclytus, *adj.* Ainmeil, òirdheirc, measail, cliùiteach.
Incoetus, *adj.* Bruichte,ròiste.
Incoenis, *adj.* Gun suipeir.
Incogitabilis, *adj.* Neo-smuainteachail.
Incogitantia, *s.* Dì-smuaine.
Incognitus, *part.* Neo-aithnichte.
Incola, *s.* Tàmhach, fear, còmhnuidh.
Incolo, -ere, *v. a.* Còmhnuich, tuinich.
Incolumis, *adj.* Sàbhailte, slàn.
Incolumitas, *s.* Sàbhailteachd, tearuinteachd, slàinte.
Incommoditas, *s.* Neo-ghoireasachd, neo-fhreagarrachd.
Incommodo, -are, *v. a.* Amail, bac, trioblaidich.
Incommodum, *s.* Neo-iomchuidheachd, neo-fhreagarrachd, call, aimhleas, dolaidh ; *vexatio :* trioblaid, dragh.
Incommodus, *adj.* Neo-ghoireasach, neo-fhreagarrach, draghail, dochannach, ciùrrail, cronail, trioblaideach, draghail.
Incomparabilis, *adj.* Do-thuigsinneach, do-mheasraichte.
Incomptus, *part.* Neo-chìrte, garbh.
Inconcessus, *part.* Neo-cheadaichte.
Inconcilio, -are, *v. a.* Cuir fearg air, feargaich.
Inconcinnitas, *s.* Gràindead, neo-bhòidhchead.
Inconcinnus, *adj.* Grända, neo-bhòidheach.
Inconditus, *part.* Mi-riaghailteach, neo-rianail.
Inconfectus, *part.* Neo-mheirbhte.
Incongruens, *adj.* Neo-fhreagarrach, neo-thaitneach.

INCONSIDERANTIA, *s.* Amaideachd, cion smuaineachaidh.
INCONSIDERATE, *adv.* Gu bras, gu neo-smuaineachail.
INCONSIDERATUS, *part.* Amaideach, neo-smuaineachail.
INCONSOLABILIS, *adj.* Do-bhrònach, dubh-bhrònach.
INCONSPICUUS, *adj.* Neo-shoilleir, doilleir.
INCONSTANS, *adj.* Neo-sheasmhach, caochlaideach, iom-luath.
INCONSTANTIA, *s.* Caochlaideachd, iom-luathas, neo-sheasmhachd, neo-chinnteachd, teagamhachd, neo-chinnteachas.
INCONSULTE, *adv.* Gu neo-smuaineachail, gu h-amaideach.
INCONSULTUS, *part.* Neo-smuaineachail, amaideach.
INCONSUMPTUS, *part.* Neo-chaithte.
INCONTAMINATUS, *part.* Neo-thruaillte, glan.
INCONTINENS, *adj.* Neo-gheamnuidh, mi-stuama.
INCONTINENTIA, *s.* Neo-gheamnuidheachd, mi-stuamachd.
INCONTROVERSUS, *adj.* Cinnteach, dearbhta, neo-theagamhach.
INCONVENIENS, *adj.* Mi-ghoireasach, draghail, mi-iomchuidh.
INCOQUO, -ERE, *v. a.* Bruich ann, goil ann.
INCORPORALIS, INCORPOREUS, *adj.* Neo-chorpora.
INCORRUPTE, *adv.* Gu neo-thruaillte.
INCORRUPTUS, *part.* Neo-thruaillte, glan, ionraic.
INCREBRESCO, -ERE, *v. incep.* Fàs tric, fàs coitchionn.
INCREDIBILIS, *adj.* Do-chreidsinn, miorbhuileach.
INCREDULUS, *adj.* Neo-chreidmheach, as-creidmheach.
INCREMENTUM, *s.* Fàs, leasachadh ; *donum :* tiodhlac, gibht.
INCREPITO, -ARE, *v. a.* Dean straighlich ; *verbis :* cronaich, troid.
INCREPO, -ARE, *v. a.* Dean straighlich ; *verbis :* troid, cronaich, coirich.
INCRESCO, -ERE, *v. n.* Fàs air, fàs, fàs suas.
INCRUENTUS, *adj.* Neo-fhuilteach, gun dòrtadh fola.
INCUBATIO, *s.* Luidhe, gur.
INCUBATUS, INCUBITUS, *s.* Gur, luidhe air.
INCUBO, -ARE, *v. n.* Luidh air, guir ; *habita :* tuinich, fuirich.
INCULCO, -ARE, *v. a.* Faraich, spàrr, buail a stigh, spàrr ann.
INCULPATUS, *part.* Neo-choireach, neo-lochdach.
INCULTE, *adv.* Gu neo-mhodhail, gu balachail.
INCULTUS, *part.* Neo-àitichte ; *moribus:* garbh, neo-mhodhail, neo-oileanaichte.
INCULTUS, *s.* Gairbhead, neo-ghrinneas.
INCUMBO, -ERE, *v. n.* Luidh air, beachdaich air, thoir thu féin do ; *inclina :* crom, aom ; *inova :* guir, luidh air.
INCUNABULA, *s.* Creathall ; *infantia :* leanabachd, naoidheanachd ; *patria :* tìr dùthchais ; *rudimenta :* toiseach, tionnsgnadh.
INCURIA, *s.* Mi-chùram, neo-chùram.
INCURIOSUS, *adj.* Mi-chùramach, coma.
INCURRO, -ERE, *v. n.* Ruith air ; *casu :* tachair, coinnich ; *in locum :* tuit ann.
INCURSIO, *s.* Stàirn, ruathar, ionnsuidh.
INCURSO, -ARE, *v. a.* INCURSOR, -ARI, *v. dep.* Ruith thairis air, iom-ghabh.
INCURSUS, *s.* Ionnsuidh, ruathar, ruaig ; *vehementia :* buathadh, ruathar.
INCURVATIO, *s.* Cromadh, lùbadh.
INCURVO, -ARE, *v. a.* Crom, lùb.
INCURVUS, *adj.* Crom, cam, lùbta.
INCUS, *s.* Innean.
INCUSATIO, *s.* Coireachadh, dìteadh,
INCUSO, -ARE, *v. a.* Coirich, cuir coire air, gearanaich, gearain air, casaidich.
INCUSSUS, *s.* Bualadh, bruthadh.
INCUTIO, -ERE, *v. a.* Buail air, bris air.
INDAGATIO, *s.* Iarruidh, rannsachadh.
INDAGATOR, *s.* Fear-rannsachaidh, fear-siridh.
INDAGO, -ARE, *v. a.* Iarr, rannsaich, sir a mach.
INDAGO, *s.* Lìon, ribe, painntear ; *examinatio :* iarruidh, rannsachadh ; *prohibitio :* bacadh, cumail air ais.
INDE, *adv.* As a sin, uaithe sin, an déigh sin, as déigh.
INDECENS, *adj.* Mi-chiatach, mi-bheusach.
INDECLINABILIS, *adj.* Neo-chaochlaideach, seasmhach.
INDECOR, INDECORIS, INDECORUS, *adj.* Mi-chiatach, neo-thaitneach.
INDEFATIGABILIS, *adj.* Do-sgìtheachaidh, do-shàrachaidh.
INDEFLEXUS, *part.* Neo-lùbta, teann.
INDELEBILIS, *adj.* Do-dhubhaidh as, do-sgriosta.
INDEMNIS, *adj.* Slàn, neo-chiùrrta.
INDEPRAVATUS, *adj.* Neo-thruaillte, neo-shalaichte.
INDESERTUS, *part.* Neo-thréigte.
INDEVITATUS, *part.* Do-sheachnaidh, neo-sheachainnte.
INDEX, *s.* Feuchadair, fear-sealtuinn ; *rei futuræ libri :* rabhadh, sanas ; *signum :* comharradh, samhladh, clàr-innsidh.
INDICATIO, *s.* Comharradh, innseadh, foillseachadh.
INDICIUM, *s.* Foillseachadh ; *signum :* comharradh, sanas, rabhadh.
INDICO, -ARE, *v. a.* Foillsich, nochd, innis, aithris, cuir an céill.
INDICO, -ERE, *v. a.* Cuir an céill, nochd, taisbean.
INDICUM, *s.* Guirmean.
INDIES, *adv.* O là gu là.
INDIFFERENS, *adj.* Neo-aireil, coma ; *communis :* coitchionn, cumanta.
INDIGENA, *s.* Fear-dùthcha, tìreach.
INDIGENS, *adj.* Bochd, aimbeartach, gann.
INDIGENTIA, *s.* Bochduinn, aimbeartas, gainne.
INDIGEO, -ERE, *v. n.* Bi an easbhuidh, bi am bochduinn.
INDIGESTUS, *part.* Neo-eagaraichte, mi-riaghailteach.
INDIGNANS, *adj.* Feargach, diombach.
INDIGNITAS, *s.* Ìsle, an-uaisle, neo-fhiùghalachd, olcas.
INDIGNOR, -ARI, *v. dep.* Diùlt, cùlaich, na ma fiach.

INDIGNUS, *adj.* Mi-fhiùghail, neo-airidh ; *inaptus :* neo-fhreagarrach, neo-chubhaidh, maslach, tàmailteach, neo-thoilltinneach.
INDIGUS, *adj.* Bochd, easbhuidheach.
INDILIGENS, *adj.* Neo-dhìchiollach, neo-chùramach, coma.
INDILIGENTIA, *s.* Mi-chùram, leisg, lunndaireachd.
INDIRECTUS, *adj.* Neo-dhìreach, fiar, cam.
INDISCRETUS, *part.* Neo-sgarta, neo-eadar-dhealaichte.
INDISERTUS, *part.* Glugach, mabach, mall-teangach.
INDISPOSITE, *adv.* Gu mi-rìaghailteach.
INDISSOLUBILIS, *adj.* Neo-ìeaghtach, do-ìeaghaidh.
INDIVIDUUS, *adj.* Do-sgarta, do-roinnte.
INDOCILIS, *adj.* Do-ionnsachaidh, dùr.
INDOCTE, *adv.* Gu neo-ionnsuichte, gu neo-fhoghluimte.
INDOCTUS, *part.* Neo-ionnsuichte, aineolach.
INDOLENTIA, *s.* Leisg, dìomhanas.
INDOLES, *s.* Fàs, cinneachadh ; *humana :* nàdur, gnè, càil.
INDOMABILIS, *adj.* Do-cheannsachaidh, neo-cheannsaichte.
INDUBITABILIS, *adj.* Soilleir, cinnteach.
INDUBIUS, *adj.* Cinnteach, neo-theagamhach.
INDUCIAE, *s.* Fosadh, fois, anail.
INDUCO, -ERE, *v. a.* Thoir a steach, thoir a làthair ; *tegmine :* còmhdaich, tarruing air ; *animum in consilium :* cuir impidh air ; *in pravum consilium :* meall, tàlaidh.
INDUCTIO, *s.* Toirt a steach, dol a stigh.
INDUCTUS, *s.* Impidh.
INDULGENS, *adj.* Caoimhneil, caidreach, fial ; *cui nimium indulgetur :* beadarrach, mùirneach.
INDULGENTIA, *s.* Caoimhneas, caomhalachd, maothchaidreamh.
INDULGEO, -ERE, *v. n.* Ìeig le, toilich ; *nimium fave :* beadraich, breug, tataidh ; *concessionibus :* géill, ceadaich.
INDUO, -ERE, *v. a.* Cuir air, còmhdaich ; *assume :* gabh ort.
INDUREO, -ERE, *v. n.* / INDURESCO, -ERE, *v. incep.* } Cruadhaich, fàs cruaidh.
INDURO, -ARE, *v. a.* Cruadhaich, dean cruaidh.
INDUSIUM, *s.* Léine.
INDUSTRIA, *s.* Dìchioll, gnìomh, dèanadachd.
INDUSTRIOSE, *adv.* Gu dìchiollach, gu gnìomhach.
INDUSTRIUS, *adj.* Dìchiollach, gnìomhach, dèanadach, cùramach.
INDUTUS, / INDUVIAE, } *s.* Sgeadachadh, aodach.
INDUVIUM, *s.* Cairt, beileag.
INEBRIO, -ARE, *v. a.* Cuir air mhisg.
INEDIA, *s.* Gainne, gort.
INEFFABILIS, *adj.* Do-ìabhairt, do-innsidh.
INEFFICAX, *adj.* Neo-éifeachdach.
INELEGANS, *adj.* Neo-ghrinn, neo-chuimir.
INELUCTABILIS, *adj.* Do-sheachnaidh.
INEMORIOR, -IRI, *v. dep.* Bàsaich ann.
INEMPTUS, *adj.* Neo-cheannaichte.
INENARRABILIS, *adj.* Do-ìabhairt, do-chur an céill.
INEO, -IRE, *v. a.* Rach a steach, tòisich.
INEPTIA, *s.* Amaideas, gòraiche, faoineachd ; *fabula :* ùr-sgeul, sgeulachd.
INEPTIO, -IRE, *v. a.* Dean faoin chòmhradh, bi rì faoineas.
INEPTUS, *adj.* Neo-iomchuidh, neo-fhreagarrach ; *animus :* faoin, baoth, gòrach.
INEQUITABILIS, *adj.* Neo-rèidh, neo-chòmhnard.
INERMIS, *adj.* Neo-armaichte, fann.
INERMUS, *adj.* Neo-armaichte.
INERRANS, *adj.* Neo-sheachranach, neo-mhearachdach.
INERRO, -ARE, *v. a.* Rach air seachran, rach am mearachd.
INERS, *adj.* Neo-ealanta, neo-theòma, leasg, leisgeanta, marbhanta, trom, lag, anfhann.
INERTIA, *s.* Neo-ealantachd, neo-theòmachd, leisg, lunndaireachd.
INERUDITE, *adv.* Gu neo-ionnsuichte.
INESCATUS, *part.* Meallta, tàlaidhte.
INESCO, -ARE *v. a.* Meall, glac le foill.
INEVITABILIS, *adj.* Do-sheachanta, cinnteach.
INEXCUSABILIS, *adj.* Neo-ìeithsgeulach.
INEXERCITUS, *part.* Neo-chleachdta.
INEXHAUSTUS, *part.* Do-thraoghaidh, do-chaitheimh.
INEXORABILIS, *adj.* Do-aslachaidh, do-aomaidh, do-lùbaidh.
INEXPERTUS, *part.* Neo-fheuchainte.
INEXPIABILIS, *adj.* Do-rèiteachaidh, nach dìol ìobairt.
INEXPLEBILIS, *adj.* Do-ìonadh.
INEXPLICABILIS, *adj.* Do-mhìneachaidh, do shoilleireachaidh.
INEXPLORATE, *adv.* Gun fheuchainn, gun rannsachadh.
INEXPUGNABILIS, *adj.* Do-ghlacta, do-cheannsachaidh.
INEXPUTABILIS, *adj.* Do-chunntaidh, do-àireamh.
INEXTINCTUS, *part.* Do-mhùchaidh.
INEXTRICABILIS, *adj.* Do-rèiteachaidh, do-fhuasglaidh.
INFABRE, *adv.* Gu neo-ealanta.
INFACETUS, *adj.* Neo-ghrinn, balachail, neo-thaitneach.
INFACUNDUS, *adj.* Neo-fhileanta.
INFAMIA, *s.* Masladh, mi-chliù, sgainneal.
INFAMIS, *adj.* Maslach, mi-chliùiteach, sgainnealach ; *infaustus :* mi-shealbhach, mi-shona.
INFAMO, ARE, *v. a.* Maslaich, tarcuisich, càin ; *divulga :* sgaoil, cuir a mach ; *perde :* caith, mill, sgrios.
INFANDUS, *adj.* Ro mhòr, ro oillteil.
INFANS, *adj.* Neo-ìabhrach, tosdach, balbh.
INFANS, *s.* Naoidhean, leanabh.
INFANTIA, *s.* Neo-ìabhrachd, tosdachd ; *ætatis :* leanabachd, naoidheanachd.
INFARCIO, -IRE, *v. a.* Dinn.
INFATIGABILIS, *adj.* Do-sgìtheachaidh, do-shàruchaidh.
INFATUO, -ARE, *v. a.* Dean burraidh de.
INFAUSTUS, *adj.* Neo-shealbhach, mi-shealbhach, mi-fhortanach.
INFECTOR, *s.* Dathadair.

INFECTUS, *adj.* Neo-dhèanta, neo-chrìochnaichte.
INFELICITAS, *s.* Mi-shonas, truaighe.
INNELICITO, -ARE, } *v. a.* Dean mi-shona.
INFELICO, -ARE, }
INFELIX, *adj.* Mi-shona, mi-shealbhach, donasach, neo-fheumail.
INFENSO, -ARE, *v. a.* Sàruich, claoidh.
INFENSUS, *part.* Feargach, mi-thoilichte.
INFERI, *s.* Dée an ionaid ìochdraich.
INFERNUS, *adj.* Ifrinneach, ifrionnach.
INFERO, -FERRE, *v. a.* Vide In et Fero.
INFERVEO, -ERE, *v. n.* Bi teth.
INFERUS, *adj.* Ìosal, ìochdrach.
INFESTO, -ARE, *v. a.* Claoidh, sgìthich, cuir dragh air.
INFESTUS, *adj.* Fuathach, gamhlasach; *molestus:* draghail, trioblaideach; *dubius:* teagamhach, neo-chinnteach.
INFICIATIO, *s.* Àicheadh.
INFICIATOR, *s.* Fear-àicheadh.
INFICIO, -ERE, *v. a.* Dath; *corrumpe:* truaill, mill, salaich.
INFICIOR, -ARI, *v. dep.* Àicheadh, rach as aicheadh.
INFIDELIS, *adj.* Mi-dhìleas, neo-dhìleas.
INFIDELITAS, *s.* Mi-dhìlseachd, neo-dhìlseachd, foill.
INFIDUS, *adj.* Mi-dhìleas, foilleil.
INFIGO, -ERE, *v. a.* Vide In et Figo.
INFIMATES, *s.* Gràisg, pràbar.
INFIMUS, *adj.* Ìosal, dìblidh, tàireil.
INFINDO, -ERE, *v. a.* Sgoilt, spealg.
INFINITAS, *s.* Neo-chrìochnachd.
INFINITE, *adv.* Gun cheann, gun chrìoch.
INFIRMATIO, *s.* Lagachadh, dì-ñeartachadh.
INFIRMITAS, *s.* Laige, laigsinn; *inconstantia:* caochlaideach, neo-bhunailteachd.
INFIRMO, -ARE, *v. a.* Lagaich, beagaich; *refellere:* cuir an aghaidh, àicheadh.
INFIRMUS, *adj.* Lag, fann, breòite; *mutabilis:* caochlaideach, mùighteach.
INFLAMMATIO, *s.* Ainteas, lasadh.
INFLAMMO, -ARE, *v. a.* Cuir ri' a theine, loisg; *excita:* brosnuich, bruidich; *auge:* antromaich, meudaich.
INFLATIO, *s.* At, bòrcadh, séideadh suas.
INFLATUS, *s.* Séideadh air; *sonus:* fuaim; *cœlestis:* analachadh spioraid.
INFLATUS, *adj.* Séidte, air at.
INFLECTO, -ERE, *v. a.* Vide Flecto.
INFLEXIBILIS, *adj.* Do-lùbaidh, do-chromaidh, rag.
INFLEXUS, *s.* Lùbadh, cromadh, camadh.
INFLIGO, -ERE, *v. a.* Leag air, peanasaich.
INFLO, -ARE, *v. a.* Séid, at, bòc, séid suas, meudaich.
INFLUO, -ERE, *v. n.* Vide In et Fluo.
INFODIO, -ERE, *v. a.* Cladhaich ann, tochail; *sepeli:* adhlaic, tiodhlaic, tòrr.
INFOECUNDITAS, *s.* Neo-thorraichead, aimrideachd.
INFOECUNDUS, *adj.* Neo-thorrach, aimrid.
INFORMATIO, *s.* Naidheachd, sgeul, fios.
INFORMIS, *adj.* Neo-chumadail, gun chumadh, granda, duaichnidh; *fœdus:* salach, mosach, rapach.
INFORMO, -ARE, *v. a.* Vide Formo.
INFORTUNATUS, *adj.* Mi-shealbhach, mi-fhortanach.
INFORTUNIUM, *s.* Mi-shonas, donas, mi-fhortan.
INFRA, *prep.* Fuidh, fo.
INFRACTIO, *s.* Briseadh.
INFRAENATUS, *adj.* Srianta, neo-shrianta.
INFRAENIS, *adj.* Neo-shrianta, gun srian.
INFRAENO, -ARE, *v. a.* Srian, cuir srian ri.
INFRAGILIS, *adj.* Do-bhrisidh, neo-bhristeach.
INFREQUENS, *adj.* Neo-bhidheanta, ainmic; *numero:* beag, beagan.
INFREQUENTIA, *s.* Ainmiceas, ainneamhachd.
INFRICTIO, *s.* Suathadh, rubadh.
INFRINGO, -ERE, *v. a.* Vide Frango.
INFRIO, -ARE, *v. a.* Bris, bruan.
INFRUCTUOSUS, *adj.* Neo-thorrach, neo-tharbhach.
INFUCO, -ARE, *v. a.* Dath, buaichd.
INFULA, *s.* Crùn easbuig.
INFUMO, -ARE, *v. a.* Tiormaich 's an deathach.
INFUNDIBULUM, *s.* Tunnadair, lìonadair.
INFUNDO, -ERE, *v. a.* Dòirt ann, dòirt a stigh.
INFUSCO, -ARE, *v. a.* Dorchaich, dean dubh; *corrumpe:* truaill, mill.
INFUSIO, } *s.* Dòrtadh a stigh, taomadh air.
INFUSUS, }
INGEMINO, -ARE, *v. a.* Dùbail, dùblaich.
INGEMISCO, -ERE, *v. incep.* Osnaich, acain.
INGEMO, -ERE, *v. n.* Guil, gearain, osnaich.
INGENERO, -ARE, *v. a.* Gin.
INGENIOSUS, *adj.* Innleachdach, geur-chuiseach, seòlta.
INGENIUM, *s.* Nàdur, gnè, càil, mèinn, tuigse, breithneachadh, òlas, innleachd, ealantachd, seòltachd.
INGENS, *adj.* Mòr, anabarrach, fuathasach.
INGENUITAS, *s.* Fosgarrachd, fìrinn, fosgailteachd.
INGENUUS, *adj.* Uasal, fosgarra, fìrinneach, ceart, fialaidh, faoilidh; *aspectu:* eireachdail, bòidheach.
INGERO, -ERE, *v. a.* Tilg air, càrn air.
INGLORIUS, *adj.* Neo-mheasail, neo-ainmeil, neo-chliùiteach.
INGLUVIES, *s.* Beul an t-slugain.
INGRATIS, *adv.* A dh' aindeoin.
INGRATUS, *adj.* Neo-thaitneach, mi-thaitneach; *beneficii immemor:* mi-thaingeil, mi-ghnèitheil.
INGRAVISCO, -ERE, *v. incep.* } Fàs ni 's truime, meud-
INGRAVO, -ARE, *v. a.* } aich, cinnich, fàs suas.
INGREDIOR, *v. dep.* Imich a steach, imich, siubhail.
INGRESSIO, *s.* Dol a steach.
INGRESSUS, *s.* Imeachd, siubhal, coiseachd.
INGRUO, -ERE, *v. n.* Thoir ionnsuidh, buail air.
INGUEN, *s.* Loch-bhléin.
INGURGITO, -ARE, *v. a.* Sluig, glut, ith suas.
INHABILIS, *adj.* Neo-fhreagarrach, neo-iomchuidh, neo-chubhaidh.
INHABITABILIS, *adj.* Neo-àitichte, do-àiteachaidh.
INHABITO, -ARE, *v. a.* Àitich, tuinich, fuirich.
INHAEREO, -ERE, *v. n.* Vide Haereo.
INHALO, -ARE, *v. a.* Tarruing anail.

INHIBEO, -ERE, *v. a.* Cum, bac, toirmisg.
INHIBITIO, *s.* Bacadh, cumail air ais, toirmeasg.
INHIO, -ARE, *v. a.* Miannaich, dùraig.
INHONESTUS, *adj.* Maslach, tàmailteach, mi-onorach, eas-ionraic.
INHONORIFICUS, *adj.* Mi-onorach, eas-ionraic.
INHONORUS, *adj.* Neo-mheasail.
INHOSPITALIS, *adj.* Neo-fhialaidh, neo-aoidheil, iargalt.
INHOSPITALITAS, *s.* Neo-fhialaidheachd, iargaltachd.
INHOSPITUS, *adj.* Vide Inhospitalis.
INHUMANITAS, *s.* Mi-dhaonnachd, cruaidh-chridheachd.
INHUMANUS, *adj.* Mi-dhaonna, an-iochdmhor.
INHUMO, -ARE, *v. a.* Adhlaic, tiodhlaic, tòrr.
INJECTIO, *s.* Leagadh air.
INJECTUS, *s.* Tilgeadh a stigh.
INJICIO, -ERE, *v. a.* Vide In et Jacio.
INIMICITIA, *s.* Naimhdeas, eas-aonachd.
INIMICUS, *adj.* Naimhdeil, neo-chàirdeil.
INIMICUS, *s.* Nàmhaid, eas caraid.
INIMITABILIS, *adj.* Do-leantaileach, do-shamhlachaidh.
INIQUITAS, *s.* Neo-chòmhnardachd, neo-fhreagarrachd; *difficultas:* dorad, deacaireadh; *morum:* eucairt, ana-ceartas, eucoir.
INIQUUS, *adj.* Neo-ṙéidh, neo-chòmhnard; *moribus:* neo-cheart, claon, neo-chothromach, eucoireach; *iracundus:* feargach, diombach.
INITITIAMENTA, *s.* Dùilean, bunabhasan.
INITITIATIO, *s.* Toiseach, ceud-ionnsachadh.
INITIO, -ARE, *v. a.* Foghluim, teagaisg, tionnsgain, tòisich.
INITIUM, *s.* Toiseach, bunabhas, tùs, bonn, bun, stéidh.
INJUCUNDITAS, *s.* Neo-thaitneachduinn, neo-thoileachas inntinn.
INJUCUNDUS, *adj.* Mi-thaitneach, neo-thaitneach.
INJUNGO, -ERE, *v. a.* Vide In et Jungo.
INJURIA, *s.* Coire, cron, dochair, dochunn.
INJURIOSUS, *adj.* Cronail, coireach, docharach.
INJUSTITIA, *s.* Ana-ceartas, eucairt, eucoir.
INJUSTUS, *adj.* Eucoireach, ana-ceart, neo-chothromach.
INNASCOR, -I, *v. dep.* Vide In et Nascor.
INNAVIGABILIS, *adj.* Do-sheòlaidh, eu-domhain.
INNECTO, -ERE, *v. a.* Ceangail air.
INNITOR, -I, *v. dep.* Taic, leag cudthrom.
INNOCENS, *adj.* Sàbhailte, tèaruinte; *sine crimine:* neo-lòchdach, neo-chiontach, neo-choireach.
INNOCENTIA, *s.* Neo-chiontachd, neo-lochdachd, neo-chronalachd.
INNOCUUS, *adj.* Neo-choireach, neo-chronail; *a damno* sàbhailte, tèaruinte.
INNOVO, -ARE, *v. a.* Ùraich, dean nuadh, nuadhaich.
INNOXIUS, *adj.* Vide Innocuus.
INNUBILUS, *adj.* Soilleir, neo-ṅeulach.
INNUBO, -ERE, *v. n.* Pòs ṙi.
INNUMERABILIS, *adj.* Do-àireamh, do-àireamhach.
INNUMERABILITAS, *s.* Do-àireamhtachd.
INNUMERALIS, INNUMEROSUS, INNUMERUS, *adj.* Vide Innumerabilis.
INNUO, -ERE, *v. a.* Crom, nom, smèid.
INOBSEQUENS, *adj.* Reasgach, rag-mhuinealach.
INOBSERVABILIS, *adj.* Gun fhaicinn, gun toirt fainear.
INOBSERVANTIA, *s.* Neo-aire, neo-fhaicill.
INOCCIDUUS, *adj.* Neo-chadalach, neo-thuiteamach.
INOCCO, -ARE, *v. a.* Cliath.
INOCCULATIO, *s.* Suidheachadh, alpadh.
INOCULATOR, *s.* Fear-suidheachaidh, fear-alpaidh.
INOCULO, -ARE, *v. a.* Suidhich, alp.
INOFFICIOSUS, *adj.* Neo-chaoimhneil, neo-fhreasdalach.
INOLESCO, -ERE, *v. incep.* Fàs suas, cinn.
INOPIA, *s.* Gainne, airc, dìth.
INOPINUS, *adj.* Obann, gun fhiòs.
INOPPORTUNUS, *adj.* Neo-amail, neo-ghoireasach.
INOPS, *adj.* Bochd, easbhuidheach; *expers:* as eugais, easbhuidheach.
INORDINATE, *adv.* Gu mi-ṙiaghailteach.
INORNATE, *adv.* Gu neo-uidheamaichte, gu neo-dheasaichte.
INQUAM, *v. def.* Deiream.
INQUIES, *s.* Mi-shuaimhneas, neo-fhoisneachd.
INQUIES, *adj.* Mi-shuaimhneach, neo-fhoisneach.
INQUIETATIO, *s.* Buaireas, mi-shuaimhneas.
INQUIETO, -ARE, *v. a.* Buair, léir.
INQUIETUDO, *s.* Mi-shuaimhneas, neo-fhoisneachd, an-shocair.
INQUIETUS, *adj.* Vide Inquies, *adj.*
INQUILINUS, *s.* Tuathanach.
INQUINATE, *adv.* Gu neo-ghlan, gu truaillidh.
INQUINO, -ARE, *v. a.* Truaill, salaich.
INQUIO, *v. def.* Deiream.
INQUIRO, -ERE, *v. a.* Fiosraich, feòraich.
INQUISITIO, *s.* Rannsuchadh, min-ṙannsuchadh, sgrùdadh.
INQUISITOR, *s.* Fear-rannsuchaidh, fear-sgrùdaidh.
INQUISITUS, *part.* et *adj.* Rannsuichte.
INSALUBRIS, *adj.* Neo-fhallain, truaillidh.
INSANABILIS, *adj.* Do-ḷeigheas, do-ḷeighiste.
INSANIA, *s.* Cuthach, boile, bàinidh, buaireas, boil' inntinn.
INSANIO, -IRE, *v. n.* Bi air a' chuthach, bi air boile.
INSANITAS, *s.* Cuthach, boile, bàinidh.
INSANUS, *adj.* Cuthachail, air a' chuthach, air bàinidh, fiadhaich, stoirmeil; *magnitudine:* mòr, ana-barrach, ana-cuimseach.
INSATIABILIS, *adj.* Do-shàsachaidh, do-riarachaidh.
INSATURABILIS, *adj.* Do-ḷìonaidh.
INSCENDO, -ERE, *v. a.* et *n.* Dìrich, rach an àirde.
INSCENSIO, *s.* Dìreadh, dol an àirde.
INSCIENS, *adj.* An-fhiosrach, neo-aithnichte.
INSCIENTIA, INSCITIA, *s.* Aineolach.
INSCITUS, *adj.* Aineolach, gòrach, faoin.
INSCIUS, *adj.* Aineolach, neo-eòlach, neo ealanta, an-fhiosrach.
INSCRIBO, -ERE, *v. a.* Vide In et Scribo.
INSCRIPTIO, *s.* Sgrìobhadh, tiodal, grabhaladh.
INSCULPO, -ERE, *v. a.* Gèarr, grabhail.
INSECTATIO, *s.* Trod, càineadh.

INSECTATOR, *s.* Cùl-chainntear, fear-troid.
INSECTO, -ARE, *v. a.* } Lean, ruaig; *verbis:* càin,
INSECTOR, -ARI, *v. dep.* } troid.
INSECTURA, *s.* Eag, clais.
INSENSILIS, *adj.* Neo-mhothachail, marbh.
INSEQUOR, *v. dep.* Lean, lean an déigh, gabh air aghart.
INSERO, -ERE, *v. a.* Suidhich, càirich ann.
INSERTO, -ARE, *v. freq.* Cuir ann tric.
INSERVIO, -IRE, *v. n.* Vide Servio.
INSERVO, -ARE, *v. a.* Vide Servo.
INSIBILO, -ARE, *v. n.* Séid ann.
INSIDEO, -ERE, *v. n.* Luidh air, suidh air; *angore:* léir, pian.
INSIDIAE, *s.* Lìon, ribe, painntear.
INSIDIATOR, *s.* Fear-feall-fholach.
INSIDIOR, -ARI, *v. dep.* Dean feall-fholach, luidh am plaid.
INSIDIOSUS, *adj.* Carach, lùbach, mealltach.
INSIDO, -ERE, *v. n.* Luidh air.
INSIGNE, *s.* Comharradh, suaicheantas.
INSIGNIO, -IRE, *v. a.* Comharraich, nochd, seòl a mach.
INSIGNIS, *adj.* Comharraichte, ainmeil, sònraichte, cliùiteach, neo-àbhaiseach, neo-choitchionn, neo-ghnàthach.
INSIGNITE, } *adv.* Gu h-ainmeil, gu comharraichte.
INSIGNITER, }
INSILE, *s.* Cranna-cas, crann coise.
INSILIO, -IRE, *v. n.* Vide In et Salio.
INSIMULATIO, *s.* Dìteadh, casaid.
INSIMULO, -ARE, *v. a.* Aimhriochdaich, leig ort; *accusatione:* dìt, casaidich, dean casaid air, coirich.
INSINCERUS, *adj.* Neo-fhìrinneach, neo-threibhdhireach, neo-dhìleas, truaillidh.
INSINUATIO, *s.* Cur a stigh, miodal, sodal.
INSINUO, -ARE, *v. a.* Cuir a stigh, dean miodal, dean brosgul; *laudibus:* mol, cliùthaich.
INSIPIENS, *adj.* Baoth, faoin, gòrach, amaideach.
INSIPIENTIA, *s.* Amaideachd, faoineachd, gòraiche.
INSISTO, -ERE, *v. n.* Seas air, seas, cuir romhad, lean, thig an àite.
INSITIO, *s.* Suidheachadh, alpadh.
INSITIUS, *adj.* Coigreachail, coimheach.
INSITIVUS, *adj.* Suidhichte, alpta.
INSITUM, *s.* Faillean, fiùran.
INSOCIABILIS, *adj.* Neo-fhreagarrach, neo-sheasmhach, neo-chompanta.
INSOLATIO, *s.* Gealachadh, grianadh.
INSOLENS, *adj.* Neo-choitchionn, neo-chumanta; *moribus:* neo-chompanta, uaibhreach, stràiceil, smachdail.
INSOLENTIA, *s.* Neo-choitchintachd, ainmiceachd; *morum:* uaill, stràic, mòr-chuis.
INSOLESCO, -ERE, *v. incep.* Fàs uaibhreach, fàs stràiceil.
INSOLIDUS, *adj.* Lag, anfhann, breòite.
INSOLO, -ARE, *v. a.* Grian.
INSOLUBILIS, *adj.* Do-fhuasglaidh, do-leaghaidh.
INSOMNIA, *s.* Faireachadh.
INSOMNIOSUS, *adj.* Bruadarach, aislingeach.
INSOMNIS, *adj.* Neo-chadalach.
INSOMNIUM, *s.* Bruadar, aisling.
INSONS, *adj.* Neo-choireach, neo-lochdach; *a damno:* sàbhailte, tèaruinte.
INSPECTIO, *s.* Amharc air, beachdachadh; *magistri:* marasgladh, amharc thairis; *mentis:* barail, dealbh inntinn.
INSPECTO, -ARE, *v. freq.* Amhairc air, beachdaich air.
INSPECTOR, *s.* Fear-rannsuchadh, fear-fidreachaidh, fear-coimhid, fear-cùraim, maighstir.
INSPERGO, -ERE, *v. a.* Vide Spargo.
INSPICIO, -ERE, *v. a.* Vide In et Specio.
INSPICO, -ARE, *v. a.* Bidich, bioraich.
INSPIRO, -ARE, *v. a.* Séid air, analaich air; *ut numen:* deachd, deachd do.
INSPOLIATUS, *part.* Neo-spùinnte, neo-chreachta.
INSPUO, -ERE, *v. a.* Tilg smugaid air.
INSTABILIS, *adj.* Gluasadach, luasganach, udalach; *animo:* iom-luath, luasganach, neo-sheasmhach.
INSTABILITAS, *s.* Luasganachd, neo-sheasmhachd, iom-luathas.
INSTANS, *adj.* Dlùth, teann air, aig làimh; *urgens:* dian, iarratach.
INSTANTIA, *s.* Déine, dùrachd, dealas.
INSTAR, *s.* Meudachd, uiread; *similitudo:* samhladh, mac-samhail.
INSTAURATIO, *s.* Taisbenadh, nochdadh, cur an gnìomh.
INSTAURATIVUS, *adj.* Ùraichte, ath-nuadhaichte.
INSTAURO, -ARE, *v. a.* Ùraich, ath-nuadhaich; *congere:* càrn, cruinnich; *institue:* suidhich.
INSTERNO, -ERE, *v. a.* Còmhdaich, sgaoil.
INSTIGATIO, *s.* Brosnuchadh, stuigeadh, buaireadh.
INSTIGO, -ARE, *v. a.* Brosnuich, stuig, cuir thuige, misnich.
INSTILLATIO, *s.* Sileadh, sileadh a stigh.
INSTILLO, -ARE, *v. a.* Sil, sil a stigh.
INSTIMULO, -ARE, *v. a.* Buair, brosnuich, bruid.
INSTINCTOR, *s.* Fear-brosnuchaidh, fear-stuigidh.
INSTINCTUS, *s.* Aomadh nàdurra, ciall-gnè; *ab alio:* brosnuchadh, stuigeadh.
INSTITA, *s.* Oir, fraineas.
INSTITIO, *s.* Seasamh, stad.
INSTITOR, *s.* Ceannaiche falbhain, fear-màileid.
INSTITUO, -ERE, *v. a.* Vide Statuo.
INSTITUTIO, } *s.* Òrduchadh, treòrachadh; *libero-*
INSTITUTUM, } *rum:* ionnsachadh, oilean, foghlum; *morum:* cleachdamh, gnàths, nòs; *animi:* rùn, beachd; *magistri:* àithntean, riaghailtean.
INSTO, -ARE, *v. a.* Asluich, iarr gu dian; *sequendo:* lean, ruaig; *in proximitate:* bi dlùth, bi aig làimh.
INSTRAGULUM, *s.* Brat-eich.
INSTRENUUS, *adj.* Lag-chridheach, gealtach.
INSTREPO, -ERE, *v. n.* Vide Strepo.
INSTRUCTIO, *s.* Teagasg, foghlum, ionnsachadh.
INSTRUCTOR, *s.* Fear-deasachaidh, fear-uidheamachaidh.
INSTRUCTUS, *adj.* Uidheamaichte, deasaichte; *acie:* tàirngte suas; *literis:* ionnsuichte, foghluimte.
INSTRUCTUS, *s.* Àirneis, uidheam.

INSTRUMENTUM, *s.* Inneal, ball, beart, arm; *scriptum:* bann-sgrìobhaidh, còir-sgrìobhta.
INSTRUO, -ERE, *v. a.* Faigh, ullaich, deasaich; *aciem:* tarruing suas, cuir an òrdugh; *literis:* teagaisg, foghluim; *narrando:* innis do.
INSUAVIS, *adj.* Neo-thaitneach.
INSUDO, -ARE, *v. n.* Cuir fallus dhiot.
INSUESCO, -ERE, *v. n.* Cleachd, bi cleachdta rì.
INSUETUS, *part.* Neo-chleachdta.
INSULA, *s.* Innis, eilean, i.
INSULARIS, *adj.* Eileanach, innseach.
INSULSITAS, *s.* Amaideachd, umpaidheachd, òinideachd.
INSULSUS, *adj.* Amaideach, baoth, faoin, umpadail.
INSULTATIO, *s.* Leum suas; *animi:* tighearnalachd.
INSULTO, -ARE, *v. a.* Leum suas, leum an àirde; *dominando:* dean tighearnalachd; *derisione:* mag, fochaidich.
INSUM, -ESSE, *v. irr.* Bi ann, bi làthair.
INSUMO, -ERE, *v. a.* Vide Consumo.
INSUO, -ERE, *v. a.* Fuaigh, fuaigh ann.
INSUPER, *conj.* Os bàrr, a thuilleadh, a bharrachd.
INSUPERABILIS, *adj.* Do-cheannsachaidh, do-shàruchaidh.
INSURGO, -ERE, *v. n.* Éirich an aghaidh, tionndaidh, éirich.
INTABESCO, -ERE, *v. incep.* Vide Tabesco.
INTACTUS, *part.* Neo-làimhsichte, gun bheantuinn rì; *virgo:* glan, geamnuidh.
INTACTUS, *s.* Cion faireachduinn.
INTEGER, *adj.* Slàn, iomlan; *a damno:* sàbhailte, fallain; *novus:* ùr; *purus:* neo-thruaillte, glan; *moribus:* neo-chiontach, neo-lochdach; *rudis:* garbh, neo-fhìnealta.
INTEGO, -ERE, *v. a.* Vide Tego.
INTEGRATIO, *s.* Ùrachadh, ath-nuadhachadh.
INTEGRITAS, *s.* Treibhdhireas, ionracas, *corporis:* slàinte, fallaineachd; *morum:* neo-chiontachd, glaine; *castitas:* geamnuidheachd.
INTEGRO, -ARE, *v. a.* Ùraich, ath-nuadhaich; *fini:* crìochnaich.
INTEGUMENTUM, *s.* Còmhdach, cochull, rùsg.
INTELLECTUS, *s.* Tuigse, tùr, aire.
INTELLIGENTER, *adv.* Gu tùrail, gu tuigseach.
INTELLIGENTIA, *s.* Tiugse, eòlas, tùr, ealainn, fiosrachd, mothalachd.
INTELLIGIBILIS, *adj.* So-thuigsinn, soilleir.
INTELLIGO, -ERE, *v. a.* Tuig, aithnich, bi glic, bi tuigseach.
INTEMERATUS, *part.* Neo-thruaillte, glan.
INTEMPERANS, *adj.* Ana-measarra, mi-stuama.
INTEMPERANTIA, *s.* Neo-fhallaineachd; *animi:* ana-measarrachd, mi-stuamachd; *sine modo:* anabarrachd, ana-measarrachd.
INTEMPERATE, *adv.* Gu h-ana-measarra, gu mistuama.
INTEMPERATUS, *adj.* Vide Intemperans.
INTEMPERIES, *s.* Vide Intemperantia.
INTEMPESTAS, *s.* An-uair, droch-shìde.
INTEMPESTIVUS, INTEMPESTUS, *adj.* Neo-amail, á am; *infelix:* mi-shona, mi-shealbhach; *nimis:* anabarra.
INTENDO, -ERE, *v. a.* Vide Tendo.
INTENSIO, *s.* Sìneadh a mach.
INTENTATIO, *s.* Bagradh, bùiteachadh.
INTENTE, *adv.* Gu cùramach, gu dìchiollach, gu faicilleach.
INTENTIO, *s.* Sìneadh a mach, tarruing a mach; *animi:* rùn, beachd; *cura:* cùram, dìchioll, faicill, aire.
INTENTO, -ARE, *v. freq.* Sìn a mach; *vibratione:* luaisg, crath; *minis:* maoidh, bùitich.
INTENUS, *adj.* Teann, cumhang; *animo:* cùramach, aireach.
INTENTUS, *s.* Sìneadh a mach.
INTER, *prep.* Eàdar, ann, an, astigh, os ceann, a measg.
INTERANEA, *s.* Caolain, mionach.
INTERARESCO, -ERE, *v. incep.* Tiormaich a suas.
INTERCALARIS, INTERCALARIUS, *adj.* Barrachdail, còrr.
INTERCALATIO, *s.* Eadar-chur.
INTERCALO, -ARE, *v. a.* Eadar-chuir.
INTERCAPEDO, *s.* Stad, anail, eadar-ùine, fosadh.
INTERCEDO, -ERE, *v. n.* Eadar-ghuidh, dean eadarmheadhonaireachd; *casu:* tachair, tuit a mach.
INTERCEPTIO, *s.* Bacadh, eadar-ghlacadh.
INTERCEPTOR, *s.* Fear-grabaidh, fear-bacaidh.
INTERCESSIO, *s.* Seasamh eadar, eadar-ghuidhe.
INTERCESSOR, *s.* Fear-bacaidh, fear-grabaidh; *mediatione:* eadar-mheadhonair.
INTERCESSUS, *s.* Cur eadar, eadar-ghuidhe.
INTERCIDO, -ERE, *v. n.* Rach a dhìth, rach as maille rì; *defice:* searg, crìon, seac.
INTERCIDO, -ERE, *v. a.* Gèarr 's a' mheadhon, gèarr dheth.
INTERCIPIO, -ERE, *v. a.* Grab, glac, glac roimhlàimh; *cæde:* marbh, sgrios.
INTERCISE, *adv.* 'N a chriomanaibh, 'n a mhìribh.
INTERCISIO, *s.* Gearradh 's a' mheadhon.
INTERCLUDO, -ERE, *v. a.* Vide Claudo.
INTERCLUSIO, *s.* Dùnadh a stigh, druideadh.
INTERCURRO, -ERE, *v. n.* Ruith eadar; *casu:* tachair, tuit a mach.
INTERCURSUS, *s.* Ruith eadar.
INTERDICO, -ERE, *v. a.* Toirmisg, bac, cum air ais; *mandatis:* àithn, òrduich.
INTERDICTIO, INTERDICTUM, *s.* Toirmeasg, bacadh, grabadh.
INTERDIU, *adv.* Air feadh an là.
INTERDUM, *adv.* Air uairibh, còrr uairean.
INTEREA, *adv.* 'S an àm a tha làthair, an tràth so.
INTEREMPTOR, *s.* Marbhaiche, fear-sgrios.
INTEREO, -IRE, *v. n.* Rach a dhìth, bàsaich, eug, siubhail, falbh, rach as.
INTERFECTOR, *s.* Marbhaiche, mortair.
INTERFICIO, -ERE, *v. a.* Marbh, mort, cuir gu bàs; *consume:* caith, cuir as do.
INTERFLUO, -ERE, *v. a.* Vide Inter et Fluo.
INTERJACEO, -ERE, *v. n.* Luidh eadar.
INTERJECTUS, *s.* Luidhe eadar.

INTERJICIO, -ERE, *v. a.* Cuir eadar.
INTERIM, *adv.* An trà so, aig an àm so; *interdum:* air uairibh.
INTERIMO, -ERE, *v. a.* Thoir air falbh, buin o, marbh, sgrios.
INTERITIO, *s.* Sgrios, dol a dhìth.
INTERITUS, *s.* Bàs, milleadh, dol a dhìth.
INTERJUNGO, -ERE, *v. a.* Coimh-cheangail, ceangail r' a chéile.
INTERLINO, -ERE, *v. a.* Eadar-sgrìob, eadar-shreathaich.
INTERLOCUTIO, *s.* Eadar-labhairt, conaltradh.
INTERLOQUOR, -I, *v. dep.* Cuir stad air labhairt.
INTERMANEO, -ERE, *v. n.* Fuirich a measg.
INTERMEDIUS, *adj.* Ion-mheadhonach.
INTERMICO, -ARE, *v. n.* Dèars eadar, soillsich eadar.
INTERMINATUS, *adj.* Neo-chrìochnaichte.
INTERMINOR, -ARI, *v. dep.* Toirmisg gu buileach.
INTERMISSIO, *s.* Stad, clos, tàmh.
INTERMISSUS, *s.* Stad, leigeadh anail.
INTERMITTO, -ERE, *v. a.* Sguir, leig seachad, tàmh.
INTERMORTUUS, *adj.* Leth-mharbh.
INTERNECINUS, *adj.* Marbhtach, bàsmhor, sgriosail.
INTERNECIO, *s.* Marbhadh, àr, casgradh.
INTERNODIUM, *s.* Eadar-ghathan.
INTERNOSCO, -ERE, *v. a.* Aithnich a measg.
INTERNUNCIA, *s.* Ban-teachdaire.
INTERNUNCIO, -ARE, *v. a.* Cuir air theachdaireachd.
IFTERNUNCIUS, *s.* Teachdaire.
INTERNUS, *adj.* Meadhonail, 's an leth stigh.
INTERPELLATIO, *s.* Grabadh, bacadh, amladh, moille.
INTERPELLATOR, *s.* Fear meachranach, fear trioblaideach.
INTERPELLO, -ARE, *v. a.* Cuir stad air, bac, grab.
INTERPLICO, -ARE, *v. a.* Fill eadar.
INTERPOLATIO, *s.* Eadar-sgrìobhadh, eadar-sparradh.
INTERPOLIS, *adj.* Ath-ùadhaichte, ùraichte.
INTERPOLO, -ARE, *v. a.* Ath-ùadhaich, ùraich.
INTERPONO, -ERE, *v. a.* Cuir eadar, coimeasg.
INTERPOSITIO, INTERPOSITUS, *s.* Eadar-chur, eadar-shuidheachadh.
INTERPRES, *s.* Eadar-mheadhonair; *linguarum:* eadar-theangair, fear-mìneachaidh.
INTERPRETATIO, *s.* Eadar-theangachadh, eadar-mhìneachadh.
INTERPRETOR, -ARI, *v. dep.* Eadar-theangaich, eadar-mhìnich.
INTERPUTO, -ARE, *v. a.* Gèarr, meang.
INTERRADO, -ERE, *v. a.* Sgrìob 's a' mheadhon.
INTERREGNUM, *s.* Eadar-rìaghladh.
INTERREX, *s.* Riaghlair, uachdaran.
INTERRITUS, *adj.* Neo-sgàthach, misneachail, dàna.
INTERROGATIO, *s.* Ceist, faighneachd.
INTERROGO, -ARE, *v. a.* Ceasnaich, fidrich; *disputando:* còmsaich, reusonaich; *accusa:* coirich, dìt.
INTERRUMPO, -ERE, *v. a.* Bris sìos; *verbis:* cuir stad air labhairt, cuir stad air cainnt, buair, cuirt roimh-chéile.
INTERRUPTE, *adv.* Gu bristeach.
INTERSCINDO, -ERE, *v. a.* Sgoilt, spealg.
INTERSECO, -ARE, *v. a.* Eadar-ghèarr, gèarr tarsuinn.
INTERSECTIO, *s.* Eadar-ghearradh, gearradh tarsuinn.
INTERSEPIO, -IRE, *v. a.* Iadh, druid mu.
INTERSERO, -ERE, *v. a.* Suidhich eadar.
INTERSISTO, -ERE, *v. a.* Stad eadar.
INTERSPIRATIO, *s.* Tarruing anail.
INTERSTINGUO, -ERE, *v. a.* Roinn, dealaich, sgar.
INTERSTITIUM, *s.* Eadar-fhosgladh, fosgladh.
INTERSUM, -ESSE, *v. irreg.* Bi làthair, thig eadar, bi eadar-dhealaichte.
INTERTRIMENTUM, *s.* Caitheamh, cosd.
INTERTURBO, -ARE, *v. a.* Grab, amail, cuir dragh.
INTERVALLUM, *s.* Eadar-bhalla; *spatii:* astar, ùine.
INTERVENIO, -IRI, *v. n.* Thig, thig air, bac, cum air ais.
INTERVENTUS, *s.* Tighinn, teachd.
INTERVERTO, -ERE, *v. a.* Vide Verto.
INTERVOLO, -ARE, *v. a.* Itealaich a measg.
INTESTABILIS, *adj.* Fuathach, gràineil; *viribus:* lagaichte.
INTESTINUM, *s.* Caolan.
INTESTINUS, *adj.* Dìomhair, uaigneach.
INTEXO, -ERE, *v. a.* Vide Texo.
INTINCTUS, *s.* Lìonradh.
INTINGO, -ERE, *v. a.* Tum ann, bog ann.
INTOLERABILIS, *adj.* Do-ghiùlain, do-iomchar, do-fhulang.
INTOLERANS, *adj.* Neo-chruadalach, neo-fhulangach.
INTOLERANTIA, *s.* Buirbe, gairge.
INTONO, -ARE, *v. a.* Vide Tono.
INTORQUEO, -ERE, *v. a.* Vide Torqueo.
INTRA, *prep.* A stigh, an taobh stigh.
INTRA, *adv.* Air an taobh stigh, 's an taobh stigh.
INTRACTABILIS, *adj.* Garbh, geur; *animo:* neo-cheannsaichte.
INTREMO, -ERE, *v. a.* Vide Tremo.
INTREPIDUS, *adj.* Neo-sgàthach, misneachail.
INTRINSECUS, *adv.* Air an taobh stigh.
INTRITA, INTRITUM, *s.* Aol mìn.
INTRO, *adv.* Air an taobh stigh.
INTRO, -ARE, *v. a.* Rach a steach, imich a steach; *perfodiendo:* torchuir, bior.
INTRODUCO, -ERE, *v. a.* Thoir a steach, treòraich a steach.
INTRODUCTIO, *s.* Toirt a stigh, treòrachadh, toirt a làthair.
INTROEO, -IRI, *v. a.* Imich a steach.
INTROFERO, -ERRE, *v. a.* Giùlain a steach.
INTROITUS, *s.* Dol a steach, dorus.
INTROMITTO, -ERE, *v. a.* Leig a steach.
INTRORSUM, *adv.* Air an taobh stigh.
INTRORUMPO, -ERE, *v. n.* Bris a steach.
INTROSPICIO, -ERE, *v. a.* Amhairc air, thoir fainear.
INTRUDO, -ERE, *v. a.* Fòirn, spàrr, spàrr a stigh.
INTUBUM. *s.* Cart-earbhain, lus-an t-siùcair.
INTUEOR, -ERI, *v. dep.* Amhairc air, seall air, thoir fainear, beachdaich.
INTUMEO, -ERE, *v. n.* Vide Tumeo.
INTURBIDUS, *adj.* Sàmhach, sìtheil, neo-bhuaireanta.
INTUS, *adv.* A stigh, a steach, air an taobh stigh.
INTUTUS, *adj.* Neo-thèaruinte, gun dìon.

INVADO, -ERE, *v. a.* Thig, thig air aghart ; *impetum fac :* thoir ionnsuidh air, bris a stigh.
INVALEO, -ERE, *v. n.* Vide Valeo.
INVALETUDO, *s.* Tinneas, euslaint.
INVALIDUS, *adj.* Lag, fann, neo-mhisneachail, gealtach, tinn, euslainteach.
INVECTIO, *s.* Giùlan air aghart, giùlan ; *maledictionum :* trod, càineadh.
INVECTITIUS, *adj.* Giùlainte, air a thoirt, air astar.
INVECTUS, *s.* Giùlan, toirt a steach.
INVEHO, -ERE, *v. a.* Vide In et Veho.
INVENDIBILIS, *adj.* Do-reiceadh.
INVENIO, -IRE, *v. a.* Faigh, faigh a mach, dealbh, dreach.
INVENTIO, *s.* Faighinn a mach, dealbhadh.
INVENTOR, *s.* Fear-dealbh, dealbhadair.
INVENTRIX, *s.* Ban-dealbhadair.
INVENTUM, *s.* Innleaghd, dealbh.
INVENTUS, *s.* Faighinn, faotainn.
INVENUSTUS, *adj.* Mi-shona, mi-shealbhach.
INVERECUNDUS, *adj.* Mi-nàrach, beag-nàrach, ladarna.
INVERSIO, *s.* Tionndadh, rian atharrachadh.
INVERTO, -ERE, *v. a.* Tionndaidh, atharraich.
INVESTIGATIO, *s.* Rannsuchadh, sgrùdadh, lorgachadh.
INVESTIGATOR, *s.* Fear-rannsuchaidh, lorgair.
INVESTIGO, -ARE, *v. a.* Lorgaich, lean.
INVESTIO, -IRE, *v. a.* Breaghaich, maisich, rìomhaich.
INVETERASCO, -ERE, *v. incep.* Fàs sean.
INVETERATIO, *s.* Dannarachd, diorasachd.
INVETERO, -ARE, *v. a.* Cum fada.
INVETITUS, *adj.* Ceadaichte.
INVICEM, *adv.* Mu seach.
INVICTUS, *adj.* Do-cheannsachaidh, do-chiomachaidh.
INVIDENTIA, *s.* Farmad, tnù.
INVIDEO, -ERE, *v. a.* et *n.* Amhairc a stigh, dùrbheachdaich ; *invidiosè :* gabh farmad ri, bi farmadach ; *recusando :* àicheidh, ob, diùlt.
INVIDIA, *s.* Farmad, gamhlas, tnù.
INVIDIOSUS, INVIDUS, *adj.* Farmadach, gamhlasach, mì-fhunach.
INVIOLABILIS, *adj.* Neo-thruaillte, neo-shalaichte.
INVIOLATUS, *adj.* Neo-thruaillte, glan.
INVISIBILIS, *adj.* Neo-fhaicsinneach, do-fhaicinn.
INVISO, -ERE, *v. n.* Thig a dh' fhaicinn, taoghail.
INVISUS, *adj.* Neo-fhaicsinneach ; *odiosus :* fuathmhor, fuathach.
INVITAMENTUM, INVITATIO, INVITATUS, *s.* Cuireadh, gairm.
INVITO, -ARE, *v. a.* Cuir, iarr, gairm ; *dolis :* meall, tàlaidh, buair, brosnuich.
INVITUS, *adj.* Neo-thoileach, aindeonach.
INVIUS, *adj.* Do-dhol troimhe.
INUMBRO, -ARE, *v. a.* Dorchaich, dubharaich.
INUNDATIO, *s.* Tuil, dìle, bàthadh.
INUNDO, -ARE, *v. a.* Bàth, còmhdaich le uisge.
INUNGO, -ERE, *v. a.* Ung.
INVOCATUS, *adj.* Gun chuireadh, gun iarruidh.
INVOCO, -ARE. *v. a.* Gairm air, goir air, ainmich, guidh, asluich.
INVOLO, -ARE, *v. n.* Ruith air, itealaich air.
INVOLUCRUM, *s.* Còmhdach.
INVOLVO, -ERE, *v. a.* Fill, paisg ; *difficile redde :* dean ciogailteach, cuir aimhreiteach.
INVOLUTIO, *s.* Pasgadh, filleadh.
INURBANUS, *adj.* Neo-shuairc, mi-mhodhail.
INURO, -ERE, *v. a.* Loisg, loisg le iarunn, comharraich.
INUSITATUS, *adj.* Neo-choitchionn, neo-chleachdta.
INUTILIS, *adj.* Neo-bhuannachdail, neo-tharbhach.
INUTILITAS, *s.* Neo-tharbhachd, mi-fheumalachd.
INVULNERABILIS, *adj.* Do-lotaidh, do-leònaidh.
JOCABUNDUS, *adj.* Àbhachdach, cridheil.
JOCATIO, *s.* Àbhachd, fala-dhà, fearas-chuideachd.
JOCOR, -ARI, *v. dep.* Dean àbhachd, dean fearas-chuideachd.
JOCOSUS, JOCULARIS, *adj.* Àbhachdach, sùgach, cridheil.
JOCUS, *s.* Abhcaid, sùgradh, cridhealas.
ION, *s.* Fail-chuach.
IPSE, *pron.* Esa, esan.
IPSEMET, *pron.* E féin, esan féin.
IRA, *s.* Fearg, corruich ; *culpa :* coire, lochd.
IRACUNDIA, *s.* Fearg, corruich, dreanganachd, frionas.
IRACUNDUS, *adj.* Feargach, dreanganach, frionasach, corrach.
OMNIS, *adj.* Uile, gach.

OMNITUENS, *part.* Uil-fhaicsinneach.

OMNIVORUS, *adj.* Uil-itheach.

ONAGER, *s.* Asal fhiadhaich.

ONERANS, *part.* Luchdail, draghail.

ONERARIUS, *adj.* Giùlanach, eallachail.

ONERATUS, *part.* Luchdaichte, eallaichte, sacaichte.

ONERO, -ARE, *v. a.* Lìon, luchdaich, tromaich, sacaich, càrn, cruach, sàruich, an-tromaich.

ONEROSUS, *adj.* Trom, luchdail, luchdmhor, lòdail, draghail, sàruchail.

ONUS, *s.* Eallaich, sac, luchd, trom, leth-trom; *uteri:* torrachas; *adversarum rerum:* àmhghar, éigin; *jugi:* cuing, cuibhreach; *difficile:* dragh, cuimrig.

ONUSTUS, *adj.* Luchdaichte, sacaichte, trom, làn, sàruichte.

OPACITAS, *s.* Duirche, dubhar, dubharachd.

OPACO, -ARE, *v. a.* Dorchaich, dubharaich, doilleirich.

OPACUS, *adj.* Dorch, dubharach, doilleir.

OPELLA, *s.* Frith-ghnothuch, frith-obair.

OPERA, *s.* Obair, saothar, obair dhligeach, dreuchd, oidhirp, seirbhis.

OPERANS, *part.* Saothrach, saothrachail, gnìomhach, dèanadach.

OPERARIA, *s.* Bean oibre.

OPERARIUS, *adj.* Saothrachail, gnìomhach, dèanadach.

OPERARIUS, *s.* Fear-oibre, gnìomhaiche, fear-céirde, fear-ealain, tràill.
OPERATIO, *s.* Saothar, saothrachadh, obair, oibreachadh.
OPERATUS, *part.* Saothrachail, dèanadach, gnìomhach.
OPERCULATUS, *part.* Còmhdaichte, dùinte.
OPERCULO, -ARE, *v. a.* Còmhdaich, dùin.
OPERCULUM, *s.* Còmhdach, brod, ceann.
OPERIMENTUM, *s.* Còmhdach, brod, brat, brat-leapa.
OPERIO, -IRE, *v. a.* Dùin, druid, còmhdaich, ceil, foluich.
OPEROR, -ARI, *v. dep.* Oibrich, saothraich, dean obair, bi gnìomhach, aobharaich.
OPEROSUS, *adj.* Saothrachail, dèanadach, gnìomhach, èifeachdach ; cruaidh, deacair.
OPERTIO, OPERTORIUM, } *s.* Còmhdach, brat.
OPERTUS, *part.* Dùinte, druidte, còmhdaichte, uaigneach, dìomhair ; luchdaichte.
OPHTHALMICUS, *s.* Sùil-léigh, leigh shùl.
OPIFER, *adj.* Cuideachail, còmhnachail.
OPIFEX, *s.* Gnìomhaiche, oibriche, fear-céirde, fear-ealain, fear-tionnsgnaidh, cumadair.
OPIFICINA, OPIFICIUM, } *s.* Dèanamh, dealbhadh, dreachadh, cumadh.
OPIMITAS, *s.* Pailteas, saoibhreas.
OPIMO, -ARE, *v. a.* Reamhraich, dean reamhar, dean sultmhor.
OPIMUS, *adj.* Tarbhach, beartach, saoibhir, làn, reamhar, mòr, pailt, làn.
OPINABILIS, *adj.* Baraileach, so-bharalachaidh.
OPINANS, *part.* Smuainteach, smuainteachail, baraileach.
OPINATIO, *s.* Barail, baralachadh, smuaineachadh.
OPINATO, *adv.* Gu grad, gu h-obann.
OPINATOR, *s.* Baralaiche, fear-baralachaidh.
OPINATUS, *part.* et *adj.* Baralaichte, smuainichte ; ainmeil, cliùiteach.
OPINATUS, *s.* Mac-meamnadh.
OPINIO, *s.* Mac-meamnadh, barail, breth, beachd, smuain ; aithris, creideas.
OPINOR, -ARI, *v. dep.* Smuainich, meas, thoir creideas do, baralaich.
OPIPARUS, *adj.* Beartach, saoibhir ; daor, cosdail.
OPITULOR, -ARI, *v. dep.* Cuidich, cobhair, furtaich.
OPOPONAX, *s.* Slàn-lus, uil'-ic.
OPORTEO, -ERE, *v. n.* OPORTET, *v. impers.* } Feumaidh, tha e mar fhiachaibh.
OPPERIOR, -IRI, *v. dep.* Fuirich, fan, feith, dean faire, beachdaich.
OPPETO, -ERE, *v. a.* Fulaing, fuiling, fuiling bàs.
OPPIDANUS, *adj.* Bailteach.
OPPIDANUS, *s.* Saoranach, saoranach baile mòir.
OPPIDO, *adv.* Glé, ro, fìor, gu h-iomlan.
OPPIDULUM, *s.* Baile beag, frith-bhaile.
OPPIDUM, *s.* Baile, baile-margaidh, baile-dìona, caithir.
OPPIGNERO, -ARE, *v. a.* Thoir an geall, cuir an geall.
OPPILO, -ARE, *v. a.* Druid suas, dùin suas.
OPPLEO, -ERE, *v. a.* Lìon, deàrr-lìon, tur-lìon.
OPPONO, -ERE, *v. a.* Cuir ri, suidhich ri, daingnich, cuir a stigh, cuir an aghaidh.
OPPORTUNITAS, *s.* Freagarrachd, cothrom, fàth, amalachd ; buannachd, tairbhe.
OPPORTUNUS, *adj.* Freagarrach, iomchuidh, feumail, buannachdail, àmail, ullamh, ealamh, deas ; *malo :* buailteach do.
OPPOSITIO, OPPOSITUS, } *s.* Do-chòrdadh, do-ṙéite, neo-aonachd, neo-fhreagarrachd.
OPPRESSIO, *s.* Ainneart, fòirneart, éigin, sàruchadh.
OPPRESSOR, *s.* Fear-ainneirt, fear-fòirneirt, fear-sàruchaidh.
OPPRESSUS, *part.* Brùithte, sàruichte, claoidhte, anluchdaichte, cìosnaichte, ceannsaichte.
OPPRIMO, -ERE, *v. a.* Bruth, tilg sìos, fàisg, sàruich, claoidh, ceannsaich, mill, tuit air, buail air, beir air, mùch.
OPPROBRIUM, *s.* Masladh, tàmailt, tàir, sgainneal, beum, athais, spìdeag, sgeig.
OPPROBRO, -ARE, *v. a.* Tàmailtich, sgeig, tilg air.
OPPUGNATIO, *s.* Bualadh, ionnsuidh, ruathar, séisd ; cur an aghaidh.
OPPUGNATOR, *s.* Nàmhaid, eas-caraid, fear-cònspoid, fear-séisdidh.
OPPUGNO, -ARE, *v. a.* Cònsaich, cònsaich ri, cuir an aghaidh, cathaich, cathaich ri.
OPIS, *s.* Cumhachd, comas, murrachas ; còmhnadh, uachdranachd.
OPES, *s.* Cumhachd, uachdranachd, neart, mòrachd, beartas, saoibhreas, toic.
OPTABILIS, *adj.* Ion-mhiannaichte.
OPTATIO, OPTATUM, } *s.* Dùrachd, miann, miannachadh.
OPTATUS, *part.* Miannaichte, rùnaichte, asluichte ; taitneach.
OPTIMATES, *s.* Maithean, uaislean.
OPTIME, *adv.* Ro mhaith.
OPTIMUS, *adj.* A 's feàrr.
OPTIO, *s.* Roghadh, roghann, taghadh.
OPTIO, *s.* Fear-cobhrach, fear-còmhnaidh, fear-ionaid ; buannachd.
OPULENS, *adj.* Beartach, saoibhir.
OPULENTIA, *s.* Beartas, saoibhreas ; cumhachd, mòrachd.
OPULENTO, -ARE, *v. a.* Dean saoibhir, dean beartach.
OPULENTUS, *adj.* Cumhachdach, smachdail, uachdranach, uasal, mòr, beartach, làn.
OPUS, *s.* Obair, saothar, obair-dùthcha, gnothach, dreuchd, gnìomhachd.
OPUS, *s. ind.* Feum, easbhuidh.
OPUS, *adj.* Feumail, freagarrach.
OPUSCULUM, *s.* Min-obair, frith-ghnìomh, min-shaothar.
ORA, *s.* Oir, iomall, oirthir, tràigh, cladach.
ORACULUM, *s.* Foillseachadh, taisbean ; *ædis :* guthàit ; *vatum :* fàisneachd, fàidheadaireachd ; *verbum :* gnàth-fhocal.
ORANS, *part.* Iarrtach, asluchail.
ORARIUS, *adj.* Oireach, oirthireach.
ORATIO, *s.* Òraid, labhairt, cùis-labhairt, tagradh, seòl-labhairt.
ORATOR, *s.* Òraidiche, fear-tagraidh, deas-chainntear.
ORATORIUS, *adj.* Òraideach.

ORATUM, } *s.* Miann, rùn, guidhe, iarrtas.
ORATUS, }
ORBATIO, *s.* Dìobhal, call, éis.
ORBATUS, *part.* Gun chlann, dìobhalaichte, léirte, lom, rùisgte.
ORBICULATUS, *adj.* Cruinn.
ORBICULUS, *s.* Meallan, cruinneag, pullag; *rotæ:* mul.
ORBIS, *s.* Cuairt, cruinne, *terrarum:* an cruinne-cé.
ORBITA, *s.* Lorg rotha, lorg, ailt, comharradh.
ORBO, -ARE, *v. a.* Creach, rùisg, dean lom.
ORBUS, *adj.* Creachta, dilleachdanach, dilleachdach, lom, léirte.
ORCA, *s.* Orc.
ORCA, *s.* Searrag, buideal.
ORCUS, *s.* Ionad nam marbh, uaigh, tìr na dìchuimhne.
ORDINARIUS, *adj.* Riaghailteach, eagarach, àbhaiseach.
ORDINATIO, *s.* Riaghailt, riaghailtean, nòs, cleachdadh, riaghladh, stiùradh.
ORDINATOR, *s.* Riaghlair, fear-riaghlaidh, fear suidheachaidh, fear-rian.
ORDINO, -ARE, *v. a.* Riaghailtich, suidhich, cuir an òrdugh, eagaraich, àir, cunnt, *mente:* cnuasaich, tionnsgain, dealbh.
ORDIOR, -IRI, *v. dep.* Tòisich, tionnsgain; *decreto:* sònruich, cuir air leth.
ORDO, *s.* Seòl, modh, nòs, sreath, srèad, riaghailt, reachd, dòigh; *fatorum:* dàn; *hominum:* inbhe, cor; *agminis:* buidheann, feachd; *remorum:* being, sreath, àlach.
OREXIS, *s.* Càil.
ORGANUM, *s.* Inneal, goireas; *musicum:* organ.
ORGIA, *s.* Deas-ghnathan.
ORIENS, *part.* Ag éiridh, fàsmhor, tòiseachail.
ORIENS, *s.* Ear, an ear, an àirde 'n ear, maduinn.
ORIGO, *s.* Tùs, màthair, màthair-aobhair, ceann, toiseach; *familiæ:* sinnsir, sinnsireachd.
ORIOR, -IRI, *v. dep.* Éirich, tòisich, fàs, bris a mach, bris, tàrmaich.
ORNAMENTUM, *s.* Grinneas, uidheam, àirneis, suaicheantas; *mentis:* feart, càil, tuigse, tùir.
ORNATRIX, *s.* Bean-deasachaidh, bean-sgeadachaidh.
ORNATUS, *part.* et *adj.* Grinnichte, àilnichte, sgeadaichte, beartaichte, uidheamaichte, deasaichte; grinn, àluinn, snasmhor.
ORNATUS, *s.* Vide Ornamentum.
ORNATUS, *s.* Sgeadachadh, éididh, culaidh.
ORNO, -ARE, *v. a.* Grinnich, sgeadaich, àilnich, uidheamaich, beartaich; *verbis:* mol, cliùthaich, àrdaich.
ORNUS, *s.* Caorran, craobh-chaorrain.
ORO, -ARE, *v. a.* Labhair, abair, can; *ad Deum:* guidh, dean ùrnuigh; *remissionem:* iarr maitheanas.
ORSA, *s.* Oidhirp, ionnsuidh.
ORSUS, *s.* Focal, briathar, ràdh.
ORTHOGRAPHIA, *s.* Ealain-sgrìobhaidh.
ORTHOMIUM, *s.* Còrcach.
ORTUS, *s.* Éiridh, éirigh; *terrarum:* an àirde 'n ear; *cujusdam:* breith, gin, tùs, sinnsir, sinnsireachd; *animantis vultus cujusdem:* gnùis, aghaidh, aogas; *figura:* dreach, coltas; *avis:* gob; *aciei:* aghaidh.
Os, *s.* Cnaimh, *faucis:* fiacaill; *fructûs:* clach.
OSCITATIO, *s.* Meunanaich.
OSCITO, -ARE, *v. n.* } Dean meunanaich.
OSCITOR, -ARI, *v. dep.* }
OSCULATIO, *s.* Pògadh.
OSCULOR, -ARI, *v. dep.* Pòg, thoir pòg.
OSCULUM, *s.* Pòg; *os:* beulan, beul, bilean.
OSOR, *s.* Fuathadair, fear-fuathachaidh.
OSSEUS, *adj.* Cnàimheach.
OSSIFRAGA, *s.* Iolair, cnàimh-bhristeach.
OSTENDO, -ERE, *v. a.* Taisbean, seall, feuch, nochd, foillsich, dean aithnichte, rùisg.
OSTENTANS, *part.* Uallach, bòsdail, spagluinneach.
OSTENTATIO, *s.* Faichealachd, uaill, spagluinn, faoinghloir.
OSTENTO, -ARR, *v. a.* Ath-thaisbean, ath-ñochd; *jactatione:* dean uaill á, bi spagluinneach; *minando:* maoidh, bagair; *vulgando:* foillsich, sgaoil, cuir a mach.
OSTENTUM, *s.* Iongantas, neònachas, uamhas.
OSTENTUS, *s.* Sealladh, neònachas; *argumenti:* aithris, dearbhadh.
OSTIARIUM, *s.* Cìs-doruis.
OSTIARIUS, *s.* Dorsair.
OSTIOLUM, *s.* Dorus beag, dorusan.
OSTIUM, *s.* Dorus, fosgladh, slighe; *amnis:* inbhir, beul, òs.
OSTREA, *s.* Eisir.
OSTREARIUM, *s.* Slochd eisir, tràigh eisir.
OSTREARIUS, } *adj.* Eisireach.
OSTREOSUS, }
OTIOLUM, *s.* Anail, fosadh.
OTIOR, -ARI, *v. dep.* Bi dìomhain, bi aig saorsa.
OTIOSUS, *adj.* Saor, aig fois, neo-shuimeil, neo-umhailleach, coma; sìobhalt.
OTIUM, *s.* Adhais, socair, fois, uaigneas, tàmh.
OVATIO, *s.* Caithream.
OVATUS, *adj.* Leth-chruinn, mar ubh.
OVATUS, *s.* Caithream.
OVILE, *s.* Mainnir, crò chaorach, crò ghabhar.
OVIS, *s.* Caora, òisg.
OVO, -ARE, *v. n.* Dean caithream.
OVUM, *s.* Ubh; *piscis:* iuchar.
OXYPORUS, *adj.* So-mheirbhidh.

PABULARIS, *adj.* Ionaltrach, biadhair, feurach.
PABULATIO, *s.* Ionaltradh, biadhadh, biadh-sholar.
PABULATOR, *s.* Biadh-sholaraiche.
PABULATORIUS, *adj.* Biadhair, biadhach.
PABULOR, -ARI, *v. dep.* Ionaltair, feuraich, cuir air feur, solair biadh, tionail.
PABULUM, *s.* Ionaltradh, feur, biadh, biadh-beathaich, beathachadh, lòn.
PACALIS, *adj.* Sìtheach, sìtheachail.
PACATOR, *s.* Fear-sìtheachaidh, fear-cìosnachaidh, fear-ceannsachaidh.
PACATUS, *adj.* Ceannsaichte, cìosnachte, sìtheach, sàbhailte, réidh.
PACIFER, *adj.* Sìtheachail, sìth-thabhairteach.
PACIFICANS, *part.* Sìtheachail, sìth-dhèanadach.
PACIFICATIO, *s.* Sìtheachadh, sìth-dheanamh, réite.
PACIFICATOR, *s.* Fear-sìthe, fear-sìtheachaidh.
PACIFICATORIUS, *adj.* Vide Pacifer.
PACIFICATUS, *part.* Sìthichte, réitichte.
PACIFICO, -ARE, *v. a.* Sìthich, réitich, dean réidh.
PACIFICUS, *adj.* Sìtheach, sìtheachail, sìothchail.
PACISCOR, -I, *v. dep.* Cùmhnantaich, réitich, còrd, dean malairt.
PACO, -ARE, *v. a.* Ceannsaich, cìosnaich, callaich, dean réidh ri.
PACTILIS, *adj.* Fighte, dualaichte.
PACTIO, *s.* Cùmhnant, còrdadh, réiteach, *jurejurando:* mionnan, gealladh, gealltanas.
PACTOR, *s.* Cùmhnantaiche, fear-còrdaidh.
PACTUM, *s.* Vide Pactio.
PACTUS, *part.* Cùmhnantaichte, réitichte.
PAEDAGOGUS, *s.* Gille-frithealaidh, seirbhiseach, oide-munaidh, fear-teagaisg.
PAEDOR, *s.* Salachar, trustaireachd, drabastachd.
PAETULUS, PAETUS, *adj.* Siar-shuileach.
PAGANICUS, PAGANUS, *adj.* Dùthchail, cumanta.
PAGANUS, *s.* Fear-dùthcha.
PAGELLA, *s.* Duilleag.
PAGINA, *s.* Taobh duilleig, leabhar.
PAGUS, *s.* Baile beag, frith-bhaile, baile-dùthcha, clachan.
PALA, *s.* Spaid, guit.
PALAESTRA, *s.* Ionad-còmhraig, ionad-gleachdaidh, ionad-deasboireachd; cliseachd, teòmachd.
PALAESTRITA, *s.* Gleachdadair, gleachdair, fear-gleachdaidh.
PALAM, *adv.* Gu folluiseach, gu soilleir.
PALANS, *part.* Seachranach, ànrach, briste, sgapta.
PALATIUM, *s.* Lùchairt, tigh rìoghail, mùr.
PALATUS, *part.* Air seacharan, sgapta, fògairte.
PALEA, *s.* Moll, fotus, còrlach.
PALEAR, *s.* Sprogaill.
PALEATUS, *adj.* Làn moill, fotusach, còrlachail.
PALLA, *s.* Falluinn, eudach uachdair.
PALLEO, *v. n.* Bi glas-ṅeulach, fàs glas-ṅeulach, bi fuidh eagal, no, iomaguin.
PALLESCO, -ERE, *v. incept.* Vide Palleo.
PALLIDUS, *adj.* Glas-ṅeulach, bànaidh, aognaidh, uaine.
PALLIUM, *s.* Falluinn, cleòca, eudach uachdair.
PALLOR, *s.* Glais-ṅeulachd, bànachd, aognaidheachd, uaineachd.
PALMA, *s.* Bas, bois; *victoris:* coron buadha; *victoria:* buaidh, uachdranachd, àirde; *remi:* liadh.
PALMARIUS, *adj.* Buadhach, òirdheirc, a 's feàrr.
PALMES, *s.* Geug-fhìona, geug-phailme.
PALMEUS, *adj.* Pailmeach.
PALMIPES, *adj.* Clàr-chasach.
PALMOR, -ARI, *v. dep.* Cniadaich, tataidh, breug, sìthich.
PALMOSUS, *adj.* Pailmeach.
PALMULA, *s.* Meas-pailme; *remi:* liadh.
PALMUS, *s.* Réis, leud-boise.
PALOR, -ARI, *v. dep.* Rach air seacharan, rach mearachd, bi aimhreidh.
PALPATIO, *s.* Slìobadh, cniadach, sìtheachadh.
PALPATOR, *s.* Miodalaiche, sodalaiche, fear brosguil.
PALPEBRA, *s.* Fabhradh, rosg, fabhraidh.
PALPITATIO, PALPITATUS, *s.* Plosgartaich, plosgadh, bualadh.
PALPITO, -ARE, *v. n.* Plosg, buail.
PALPO, -ARE, *v. a.* PALPOR, -ARI, *v. dep.* Cniadaich, tataidh, breug, sìthich.
PALPO, *s.* Vide Palpator.
PALUDOSUS, *adj.* Bog, fliuch, fèitheach, mòinteach, mòinteachail.
PALUMBES, PALUMBUS, *s.* Smùdan.
PALUS, *s.* Lòn, boglach, fèith, càthar, mòinteach.
PALUS, *s.* Tarrann, dealg, post.
PALUSTER, *adj.* Vide Paludosus.
PANACEA, PANACES, *s.* Uil'-ic.
PANARIUM, *s.* Sgùlan, mùrlag, curran.
PANDO, -ERE, *v. a.* Sgaoil, fosgail, foillsich, aithris, innis.
PANDO, -ARE, *v. a.* Crom, lùb, lùb a stigh.
PANDUS, *adj.* Cromta, lùbta.
PANEGYRICUS, Moltach, cliùthachail, moltachail, cliù-thabhairteach.
PANEGYRIS, *s.* Moladh, dàn-molaidh.
PANGO, -ERE, *v. n.* Sàth, fastaidh, buail, suidhich, cùmhnantaich, geall.
PANICEUS, *adj.* Aranach.

PANICULA, *s.* Clòimh-chuilce, craobh-fhras, cluigeinean.
PANIFEX, *adj.* Aranach.
PANIFICIUM, *s.* Fuine.
PANIS, *s.* Aran, builionn.
PANNICULUS, *s.* Luideag, clùdag, broineag, bàrlag.
PANNICULOSUS, PANNUCEUS, *adj.* Luideagach, broineagach, bàrlagach.
PANNUS, *s.* Eudach, aodach.
PANTEX, *s.* Maodal, brù, greallach.
PANTICINOR, -ARI, *v. dep.* Lìon brù, sàsaich.
PANTOMIMICUS, *adj.* Lùth-chleasach, baoth-chleasach.
PANTOMIMUS, *s.* Lùth-chleasaiche, baoth-chleasaiche.
PAPAE, *interj.* Faire faire!
PAPAVER, *s.* Crom-lus, lus-a'-chodail.
PAPILIO, *s.* Dealan dé, dearbadan-dé, teine-dé, eunan-dé.
PAPILLA, *s.* Sine, ceann-cìche, cìoch.
PAPPUS, *s.* Seanair, sean-duine, *cardui:* clòimh-chluaran, clòimh.
PAPULA, *s.* Guirean cnàimhteach.
PAR, *adj.* Ionnan, co-ionnann; murrach, comasach, foghainteach.
PAR, *s.* Dithis, càraid.
PARABILIS, *adj.* So-fhaghail, so-fhaotainn, saor, suarach.
PARALLELUS, *adj.* Co-shìnte, co-shìnteach, caspanach.
PARALYSIS, *s.* Pairilis, crith-ghalar, tinneas critheanach.
PARARIUS, *s.* Fear-solair, no, malairt airgid.
PARASITICUS, *s.* Miodalach, sodalach, brosgulach.
PARASITOR, *s.* Dean miodail, dean sodal, dean brosgul.
PARASITUS, *s.* Miodalaiche, sodalaiche, fear-brosguil.
PARATUM, *s.* Uidheam, goireas.
PARATUS, *s.* Uidheam, uidheamachadh, goireas, àirneis; *vestium:* éididh, culaidh; *quasi principis:* greadhnachas, mòr-ghrinneas.
PARATUS, *part.* et *adj.* Ulluichte, uidheamaichte, deas, deasaichte, ullamh, faighte, coisinnte; dàna, curanta, cruadalach.
PARCIPROMUS, *s.* Spìocair, daormann.
PARCITAS, *s.* Gainne, gainnead.
PARCO, -ERE, *v. a.* Caomhain, gléidh, cuir mu seach; *alicui reo:* logh, maith; *stimulis:* leig le, fàg, sguir dheth.
PARCUS, *adj.* Caomhantach, gann, spìocach, cruaidh.
PARENS, *s.* Athair, no, màthair, gintear; fear-deanaimh, dealbhadair, cumadair.
PARENTALIS, *adj.* Athaireil, no, màthaireil.
PARENTO, -ARE, *v. a.* Thoir aicheamhal, dean dìoladh air.
PAREO, -ERE, *v. n.* Taisbean, seall, bi soilleir; *mandatis:* thoir géill do, strìochd do, thoir umhlachd do, aontaich le; *dicto:* comh-gheall, coimhlion.
PARICIDA, *s.* Mortair athar, no, màthar.
PARRICIDALIS, *adj.* Mortach, mortail.
PARRICIDIUM, *s.* Athar-mhort, no, màthar-mhort, mortadh.
PARIES, *s.* Balla.
PARIETINA, *s.* Aibhist.
PARILIS, *adj.* Co-ionnan, co-fhreagarrach.
PARIO, -ERE, *v. a.* Gin, faigh; *de femina:* beir; *de avibus:* beir; *rem quamvis:* dealbh, dèan, tàrmaich.
PARMA, *s.* Sgiath chruinn.
PARO, -ARE, *v. a.* Dean, dealbh, cum, tionnsgain, ulluich, uidheamaich, faigh, oidhirpich, rùnaich.
PARONYCHIA, PARONYCHIUM, *s.* Ana-bhiorach.
PAROPSIS, *s.* Mias.
PARRICIDA, *s.* Vide Paricida.
PARS, *s.* Earrann, roinn, mìr, bloigh, cuid, cuibhrionn, leth, taobh.
PARSIMONIA, *s.* Caomhantachd, cruas, spìocaireachd.
PARTICEPS, *adj.* Compàirtiche, còmhlan, companach, caraid.
PARTICIPO, -ARE, *v. a.* Gabh, gabh roinn, compàirtich, co-bhuilich.
PARTICULA, *s.* Mion-fhocal, earran bheag, dad, càileigin.
PARTIO, -IRE, *v. a.* Roinn, roinn-phàirtich, cuir crìochan ri.
PARTIO, *s.* Beirsinn, breith.
PARTITIO, *s.* Roinn, earranachadh.
PARTITUS, *part.* Roinnte, compàirtichte.
PARTURIO, -IRE, *v. a.* Beir, bi ri saothar chloinne.
PARTUS, *part.* Ginte, faighte; coisinnte; ulluichte.
PARTUS, *s.* Breith, beirsinn, aisead; *in utero:* torrachas, leth-trom; *quod partitur:* sliochd, urra, àl; *fructuum:* toradh; *mentis:* barail, beachd, smuain.
PARVITAS, *s.* Lughad, bige, beagachd.
PARUM, *adv.* Beagan, ach beag, bochd, gu bochd.
PARUMPER, *adv.* Car ùine, car tiota.
PARVULUS, *adj.* Mion, meanbh, maoth.
PARVULUS, *s.* Beag, meanbh, crion; *ætate:* òg; *tempore:* aithghearr, goirid; *pretio:* suarach, saor; *statu:* ìosal, bochd, tàir; *viribus:* lag, anfhann.
PASCO, -ERE, PASCOR, -I, *v. a.* et *n.* Biadh, thoir biadh do, feuraich, ionaltair, àraich; *liberos:* tog.
PASCUUM, *s.* Ionaltradh, innis, feur, feurach
PASCUUS, *adj.* Ionaltrach, biadhchar.
PASSER, *s.* Gealbhan.
PASSIM, *adv.* 'S gach àit, 's na h-uile àit, uile thairis, sìos is suas, gu sgapta, 's gach àird, as gach àird.
PASSUS, *s.* Sìntcag, ceum, tomhas chùig troidhean.
PASTINACA, *s.* Curran, culair.
PASTINATOR, *s.* Treabhaiche, ruamhraiche, fearcaibe.
PASTINO, -ARE, *v. a.* Treabh, ruamhair, uidheamaich fonn, gréidh.
PASTIO, *s.* Ionaltradh, àrach, buachailleachd, aodhaireachd.
PASTOR, *s.* Àodhair, buachaill, àireach.
PASTORALIS, *adj.* Aodhaireach, aodhaireil, buachailleach.
PASTORITIUS, PASTORIUS, *adj.* Aodhaireil, dùthchail.
PASTUS, *part.* Ionaltraichte, biadhta, reamhraichte.
PASTUS. *s.* Vide Pastio.
PATALIS, *s.* Leathan-adharcach.

PATEFACIO, -ERE, *v. a.* Fosgail, nochd, rùisg, foillsich, dean aithnichte.
PATEFACTIO, *s.* Fosgladh, nochdadh, rùsgadh, foillseachadh.
PATEFACTUS, *part.* Fosgailte, nochdta, rùisgte, foillsichte.
PATELLA, *s.* Mias, soitheach bìdh; *genu:* falman.
PATELLARIUS, *adj.* Miasach.
PATENS, *part.* et *adj.* Fosgailte, réidh, farsuing, mòr.
PATEO, -ERE, *v. n.* Bi fosgailte, bi réidh, sìn a mach, luidh sìnte.
PATER, *s.* Athair.
PATERA, *s.* Aghann, copan, cuach.
PATERFAMILIAS, *s.* Fear an tighe, ceannard teaghlaich.
PATERNUS, *adj.* Athaireil, dùthchasach, dualach.
PATESCO, -ERE, *v. n.* Fosgail, bi réidh, bi soilleir.
PATIBILIS, *adj* So-fhulang.
PATIBULATUS, *adj.* Ceusta, ceusda.
PATIBULUM, *s.* Crann-ceusaidh.
PATIENS, *part.* Fulangach, cruadalach, foighidneach.
PATIENTIA, *s.* Fulang, foighidinn, cruadal, fulangas, fad-fhulangas.
PATINA, *s.* Poit, aghann, miasag.
PATINARIUSS, *s.* Geòcair.
PATIOR, -I, *v. dep.* Fulaing, fuiling, gabh, giùlain, seas, seas rì, ceadaich, luasaich.
PATRATIO, s. Coimhlionadh, crìochnachadh.
PATRATOR, *s.* Dèanadair, fear-dèanaimh.
PATRATUS, *part.* Dèanta, coimhlionta, crìochnaichte.
PATRIA, *s.* Dùthaich, tìr, fonn.
PATRICIUS, *adj.* Uasal.
PATRICIUS, *s.* Uasal, duin' uasal, flath, duine mòr.
PATRIMONIUM, *s.* Oighreachd, dùthchas, cuid-sinnsireachd.
PATRIUS, *adj.* Athaireil, dualach, dùthchasach.
PATRO, -ARE, *v. a.* Dèan, coimhlion, crìochnaich, faigh, socraich.
PATROCINIUM, *s.* Tagradh, taic ,seasamh, cùl-taic, leisgeul.
PATROCINOR, -ARI, *v. dep.* Tagair, seas, taic, dìon, dean taic rì.
PATRONA, *s.* Ban-dìonadair, bean-chuideachaidh, bean bhuileachaidh.
PATRONUS, *s.* Fear-dìona, fear-taic, fear-cùl-taic, fear-comaraidh, fear-cuideachaidh, fear-tagraidh, adhna.
PATRUELIS, *s.* Mac bràthar athar, no, mac-piuthar athar; nighean peathar-athar, no, mac-bràthar-athar.
PATRUUS, *s.* Bràthair athar.
PATULUS, *adj.* Fosgailte, réidh, farsuing, leathan, sgaoilte.
PAUCI, *adj.* Beagan, cuid, tearc, gann, beag, ainneamh.
PAUCILOQUIUM, *s.* Gainne bhriathar.
PAUCITAS, *s.* Tearcachd, tearcad, gainne, ainneamhachd, aithghearrachd.
PAVEFACTUS, *part.* Fuidh ioghnadh, eagalaichte.
PAVENS, *part.* Eagalach, oilltichte.
PAVEO, -ERE *v. a.* Gabh eagal, bi fuidh eagal,
PAVESCO, oilltich, gabh gràin.
PAVIDUS, *adj.* Oilltichte, eagalach, fuidh eagal.
PAVIMENTUM, *s.* Urlar, urlar clòiche, clòch-fathad, cabhsair.
PAVIO, -IRE, *v. a.* Buail, dinn, sàth, dean daingean.
PAVITANS, *part.* Air chrith, air bhall-chrith.
PAVITO, -ARE, *v. freq.* Bi air bhall-chrith.
PAULATIM, *adv.* A chuid 's a chuid, le beagan is beagan.
PAULISPER, *adv.* Car tamuil, rè tamuil.
PAULO, *adv.* Beagan; *paulo mox:* an ceart uair, air, ball; *paulo minus:* aig làimh.
PAULULUS, *adj.* Meanbh, mion, crìon.
PAULUM, *adv.* Beagan, beag.
PAULUS, *adj.* Crìon, meanbh.
PAVO, *s.* Peubh-choileach, coileach-feucaig.
PAVONACEUS, PAVONINUS, *adj.* Feucagach, eucagach.
PAVOR, *s.* Oillt, ogluidheachd, geilt, eagal, fiamh.
PAUPER, *adj.* Bochd, aimbeartach, uireasbhuidheach.
PAUPERIES, *s.* Bochduinn, aimbeart, uireasbhuidh.
PAUPERO, -ARE, *v. a.* Dean bochd, thoir gu bochduinn.
PAUPERTAS, *s.* Bochduinn, uireasbhuidh, gainne.
PAUSA, *s.* Stad, crìoch, briseadh.
PAUSO, -ARE, *v. n.* Stad, sguir.
PAUXILLUS, *adj.* Beag, glé òg, maoth.
PAX, *s.* Sìth, fois, clos, fosadh, toil-inntinn, toileachas, fèith; *erga Deum:* réite.
PAXILLUS, *s.* Tarrunn, post.
PECCANS, *part.* Peacach, ciontach, coireach.
PECCATUM, *s.* Peacadh, cionta, coire, briseadh.
PECCATUS, *s.* Peacachadh, ciontachadh.
PECCO, -ARE, *v. a.* et *n.* Peacaich, ciontaich, bris lagh.
PECOROSUS, *adj.* Crodhach, spréidheach.
PECTEN, *s.* Cìr; *navis:* àlach fàmh; *soli:* ràcan; *lanæ:* càrd.
PECTITUS, *part.* Cìrte, càrdta.
PECTO, -ERE, *v. a.* Cìr, càird, gréidh, deasaich.
PECTORALE, *s.* Uchd-éididh.
PECTORALIS, *adj.* Uchdail.
PECTOROSUS, *adj.* Uchd-leathan, cliabh-fharsuing.
PECTUS, *s.* Uchd, cliabh, broilleach, cridhe; *firmum:* dànachd, euchd, misneach.
PECU, *s.* Buar, spréidh, treud chaorach.
PECUARIA, *s.* Ionaltradh, feur, feurach.
PECUARIUS, *adj.* Spréidheach.
PECUARIUS, *s.* Fear-spréidhe, àireach.
PECULATOR, *s.* Gaduiche, mèirleach comuinn.
PECULATUS, *s.* Mèirle, gaduidheachd.
PECULIARIS, *adj.* Sònruichte, àraidh.
PECULIUM, *s.* Sealbh, seilbh, toic, beartas, cuid.
PECULOR, -ARI, *v. dep.* Goid, dean mèirle air comunn.
PECUNIA, *s.* Cuibhrionn, oighreachd, cuid, airgiod.
PECUNIARIUS, *adj.* Airgiodach.
PECUNIOSUS, *adj.* Beartach, saoibhir, airgiodach.
PECUS, *s.* Caoraich, treud chaorach, caora, buar, spréidh, ainmhidhean.
PECUS, *s.* Caora, beathach, ainmhidh, brùid.
PEDATIM, *adv.* Troidh air throidh, cas air chas.
PEDATUS, *adj.* Casach.
PEDES, *adj.* Air chòis, coise.

PEDESTER, *adj.* Air chois, coise, air tìr.
PEDETENTIM, *adv.* Ceum air cheum, cas air chas, beagan is beagan.
PEDICA, *s.* Geimheal, buarach, déigheann, cuibhreach, ribe.
PEDICULUS, *s.* Mial.
PEDES, *s. pl.* Mialan.
PEDISSEQUIA, *s.* Ban-oglach, bean-fhrithealaidh, bean-chomhaideachd.
PEDISSEQUUS, *s.* Gille-ruith, gille-coise.
PEDITATUS, *s.* Arm-coise, feachd-coise.
PEDO, -ERE, *v. a.* Leig braim.
PEDUM, *s.* Lorg-buachaille.
PEGASUS, *s.* Each iteagach.
PEJERO, -ARE, *v. a.* Thoir mionnan eithich, bris mionnan.
PEJOR, *adj.* A 's measa.
PELAGUS, *s.* Muir, fairge, doimhne, aigeann.
PELLAX, *adj.* Beulchar, brosgulach, miodalach.
PELLEX, *s.* Strìopach, coimh-ìeapach, ban-adhaltrannach.
PELLICATUS, *s.* Adhaltrannas.
PELLICIO, -ERE, *v. a.* Meall, tàlaidh, thor a thaobh.
PELLICULA, *s.* Plaosg, plaosgag, rùsg, fath-rusg.
PELLIO, *s.* Ceannaiche bhian, fear-reic bhian.
PELLIS, *s.* Seic, bian, seich, craicionn.
PELLITUS, *adj.* Bian-chòmhdaichte.
PELLO, -ERE, *v. a.* Fuadaich, fògair, fuagair, cuir air falbh, tilg a mach, buail; *animum:* buair, fearg-aich, eargnaich; *ostium:* buail, gnog; *instrumentum musicum:* seinn, tri-bhuail; *humum pedibus:* danns.
PELLUCENS, *adj.* Trid-shoilleir.
PELLUCIDITAS, *s.* Trid-shoilleireachd.
PELLUCIDUS, *adj.* Soilleir, glan, trid-shoilleir.
PELVIS, *s.* Soitheach-ionnlaid.
PENARIA, *s.* Biadh-lann, tigh-tasgaidh.
PENARIUS, *adj.* Biadhach.
PENATES, *s.* Diathan-teallaich, dachaidh, còmhnuidh.
PENDENS, *part.* et *adj.* An crochadh, crochach, tuiteamach, bagrach, aig làimh.
PENDEO, -ERE, *v. n.* Croch, croch air, croch rì, fan, fuirich, cothromaich.
PENDO, -ERE, *v. a.* Cothromaich, beachd-smuainich, cnuasaich, meas, dìol, ìoc.
PENDULUS, *adj.* Crochach, an crochadh, comh-bhogairteach.
PENÈ, *adv.* Cha mhòr nach, 's beag nach.
PENES, *prep.* Aig, an sealbh.
PENETRABILIS, *s.* So-thollta, so-thollaidh.
PENETRALE, *s.* Taobh stigh, doimhne, buillsgean, meadhon.
PENETRALIS, *adj.* Buillsgeanach, meadhonach.
PENETRALIS, *adj.* Vide Penetrabilis.
PENETRATUS, *part.* Tollta.
PENETRO, -ARE, *v. a.* Toll, sgrùd, rach troimh.
PENICILLUS, *s.* Bruis-dreachaidh, sguabag; *ad vulnus:* gath cuip.
PENINSULA, *s.* Dòirlinn, tairbeart, ceann-tìre, ròs.
PENIS, *s.* Earball, feaman, bod.
PENITUS, *adj.* Earballach, feamanach.
PENITUS, *adv.* Gu domhain, gu h-iomlan, an céin, am fad.
PENNA, *s.* It, ite, iteag, sgiath; *galeæ:* seòcan, cìrean.
PENNATUS, *adj.* Sgrathach, iteach.
PENNIGER, *adj.* Sgiathach.
PENNULA, *s.* Iteag.
PENSATIO, *s.* Dìoladh, ath-dhìoladh.
PENSATOR, *s.* Fear-cothromachaidh.
PENSILIS, *adj.* An crochadh, crochadach.
PENSIO, *s.* Ìocadh, dìoladh, màl, tuarasdal, duais.
PENSITATIO, *s.* Dìoladh, ath-dhìoladh.
PENSITATUS, *part.* Cothromaichte, smuainichte, ath-smuainichte.
PENSITO, -ARE, *v. freq.* Ath-smuainich, ath-dhìol.
PENSO, -ARE, *v. a.* Cnuasaich, beachd-smuainich, sgrùd, rannsaich, meas, ath-dhìol.
PENSUM, *s.* Lòinne, ròinne; *operæ:* obair dhligheach, gnothuch.
PENSUM, *s.* Smuaineachadh, beachd-smuaineachadh, cùram, aire.
PENSUS, *part.* et *adj.* Cothromaichte; *pecunia:* ìocta, dìolta; *pondere:* cudthromach.
PENURIA, *s.* Aimbeart, uireasbhuidh, bochduinn; ainneamhachd, tearcad.
PENUS, *s.* Biadh, lòn, teachd-an-tìr.
PER, *prep.* Troimh, le, air feadh, air sgàth, eadar, air fad, thar.
PERA, *s.* Balg, poca, sac, pòca, màileid, màla, sporan.
PERACTIO, *s.* Coimhlionadh, crìochnachadh.
PERACTUS, *part.* Coimhlionta, crìochnaichte, caithte, aithriste, coisinnte, faighte.
PERAGO, -ERE, *v. a.* Coimhlion, crìochnaich, aithris, caith.
PERAGRANS, *part.* Seachranach, seabhaideach.
PERAGRATIO, *s.* Seabhaid, seacharan, iomrall.
PERAGRO, -ARE, *v. a.* Seabhaid, falbh air seabhaideachd, rach air seacharan, seachrain.
PERBIBO, -ERE, *v. a.* Sruab, sguab as, traogh.
PERCA, *s.* Creagag, muc-lochaidh.
PERCELLO, -ERE, *v. a.* Sàth seachad, cuir a thaobh, cuir seachad; *aliquem:* tilg sìos, leag, buail, spad, tor-chuir; *animum:* sàruich, léir, cràidh, pian, gon.
PERCEPTIO, *s.* Gabhail, aithneachadh, fiosrachadh, beachdachadh, beachd, sealladh, fradharc.
PERCEPTUM, *s.* Cnuasachd, fidreachadh, ath-smaoin.
PERCIEO, -ERE, *v. a.* Gairm, glaodh, buail.
PERCIPIO, -ERE, *v. a.* Gabh gu h-iomlan, làn-ghabh, lìon; tuig, aithnich, fiosraich, mothaich, gléidh.
PERCOLO, -ARE, *v. a.* Sìolaidh, fàisg, troimh-fhàisg.
PERCOLO, -ERE, *v. a.* Sgeadaich, grinnich, greadhnaich; *quasi patrem:* thoir làn urram do.
PERCONTATIO, *s.* Ceasnachadh, fidreachadh, rannsachadh.
PERCONTATOR, *s.* Fear-ceasnachaidh, fear-fidreachaidh.
PERCONTOR, -ARI, *v. dep.* Ceasnaich, fidrich, rannsaich, sgrùd.
PERCOQUO, -ERE, *v. a.* Bruich, gréidh, loisg, teasaich, blàthaich.
PERCREPO, -ERE, *v. n.* Ath-fhuaimnich.

PERCUNCTATIO, *s.* Vide Percontatio.
PERCUNCTOR, -ARI, *v. dep.* Vide Percontor.
PERCUSSIO, } *s.* Bualadh, buille, coilleag.
PERCUSSUS, }
PERCUTIO, -ERE, *v. a.* Buail, amais, spad, slachduinn, leag, tilg sìos, marbh, mort, casgair, torchuir; *dolis:* meall; *animum:* cuir fuidh ioghnadh, oilltich, drùidh air.
PERDICIUM, *s.* Lus-a'-bhalla.
PERDITOR, *s.* Milltear, fear-millidh, di-mhilltear.
PERDITUS, *part.* Caillte, millte, di-mhillte, struidhte, coirpidh, mi-ghràsail, ro-aingidh.
PERDIX, *s.* Cearc-thomain.
PERDO, -ERE, *v. a.* Caill, caith, mill, struidh, di-mhill, sgrios, truaill.
PERDOMITUS, *part.* Callaichte, cìosnaichte.
PERDUELLIO, *s.* Mort, mortadh.
PERDUELLIS, *s.* Nàmhaid, eas-caraid.
PERDURO, -ARE, *v. n.* Mair, seas, fan, buanaich.
PEREGRINATIO, *s.* Siubhal, imeachd, trid-imeachd, cuairt, céin-shiubhal, céin-imeachd.
PEREGRINATOR, *s.* Fear-cuairt, fear-turuis, fear-céin-imeachd, coigreach.
PEREGRINOR, -ARI, *v. dep.* Bi air chuairt, bi air thurus, bi air choigreachd.
PEREGRINUS, *adj.* Coigreach, coimheach, gallda, allmharach, céin, céin-thireach.
PEREMPTOR, *s.* Mortair.
PEREMPTUS, *part.* Dìthichte, caillte.
PERENDIE, *adv.* An iarthra, an earar.
PERENNE, *adv.* Fad na bliadhna.
PERENNIS, *adj.* Maireannach, seasmhach, buan, buan-mhaireannach.
PERENNITAS, *s.* Maireannachd, seasmhachd, buan-mhaireannachd.
PERENNO, -ARE, *v. n.* Seas, buanaich, mair.
PEREO, -IRE, *v. n.* Rach á sealladh, teich, tréig, bàsaich, caochail, teirig, crìoch, bi caillte, bi millte.
PERFECTIO, *s.* Coimhliontachd, foirfeachd, iomlanachd, diongmholtachd, coimhlionadh, dealbhadh.
PERFECTOR, *s.* Fear-coimhlionaidh, fear-foirfeachaidh.
PERFECTUS, *s.* Vide Perfectio.
PERFECTUS, *part.* Coimhlionta, foirfe, iomlan, diongmhalta, dèanta, dealbhta.
PERFERO, -ERE, *v. a.* Giùlain, iomchair, fuiling, seas ri.
PERFICIO, -ERE, *v. a.* Coimhlion, foirfich, dèan, crìochnaich.
PERFIDIA, *s.* Mealltaireachd, cuilbheart, cluain, slaight, slaightearachd, mi-dhìlseachd.
PERFIDIOSUS, *adj.* Mealltach, cuilbheartach, slaighteil, mi-dhìleas.
PERFIXUS, *part.* Tor-chuirte, sàithte, sàthta.
PERFLATUS, *s.* Séideadh, troimh-shéideadh.
PERFLO, -ARE, *v. a.* Séid, troimh-shéid.
PERFORO, -ARE, *v. a.* Toll, troimh-tholl.
PERFOSSUS, *part.* Cladhaichte, tochailte.
PERFRICTIO, *s.* Ball-chrith, fuachd-chrith.
PERFRINGO, -ERE, *v. a.* Vide Per et Frango.
PERFUGA, *s.* Fear-teichidh, fear-tréigsinn, cladhair, gealtair.
PERFUGIUM, *s.* Fasgadh, dìdeann, dìon, tèarmunn, naomh-dhìon.
PERFUNDO, -ERE, *v. a.* Ionnlaid, fliuch, spairt, smeur, tum.
PERFUNGOR, -I, *v. dep.* Dèan, coimhlion, meal.
PERFUSIO, *s.* Ionnlad, nigheadh, tumadh.
PERGO, -ERE, *v. a.* Rach, theirig, imich, siubhail, rach air aghairt, greas, lean, cum air aghairt.
PERHIBEO, -ERE, *v. a.* Labhair, abair, innis, aithris, gairm, meas, builich.
PERICLITATIO, *s.* Deuchainn, gàbhadh, cunnart.
PERICLITOR, -ARI, *v. dep.* Bi an cunnart, bi an gàbhadh, cunnartaich, oidhirpich, feuch ri.
PERICULOSUS, *adj.* Cunnartach, gàbhaidh, cruaidh, deuchainneach.
PERICULUM, *s.* Cunnart, gàbhadh, deuchainn.
PERIMO, -ERE, *v. a.* Thoir air falbh, thoir o, meall; *vitam:* marbh, casgair.
PERINDE, *adv.* Mar, mar gu, ionann.
PERIODUS, *s.* Pong, earrann, cuairt.
PERISTERION, *s.* Trom-bhad.
PERITIA, *s.* Eòlas, aithne, teòmachd.
PERITUS, *adj.* Eòlach, teòma.
PERJURIOSUS, *adj.* Eithich, eitheachail.
PERJURO, -ARE, *v. n.* Thoir mionnan eithich, bris mionnan.
PERLABOR, -I, *v. dep.* Sleamhnaich, ruith thairis, sruth thairis.
PERLATUS, *part.* Giùlainte, aithriste, inniste.
PERLEGO, -ERE, *v. a.* Leugh thairis, leugh troimh, troimh-bheachdaich.
PERLICIO, -ERE, *v. a.* Tàlaidh, tataidh, breug, meall.
PERLIMO, -ARE, *v. a.* Lìomh, dean lìomhaidh, dean soilleir.
PERLUCENS, *part.* Trid-shoilleir.
PERLUCEO, -ERE, *v. n.* Bi trid-shoilleir, bi lìomhaidh.
PERLUCIDUS, *adj.* Trid-shoilleir.
PERLUSTRO, -ARE, *v. a.* Troimh-sgrùd, troimh-rannsaich, fidir, fidrich.
PERLUTUS, *part.* Ionnlaidte, nighte.
PERMANEO, -ERE, *v. n.* Fan, fuirich, mair, buanaich, seas.
PERMANO, -ARE, *v. n.* Sruth, sruth seachad, drùigh, drùigh air.
PERMANSIO, *s.* Fuireach, fantuinn, mairsinn, buanachadh.
PERMEO, -ARE, *v. n.* Troimh-imich, rach troimh, sruth thairis.
PERMISCEO, -ERE, *v. a.* Measgaich, coimeasgaich, coimisg, cuir troimh chéile.
PERMISSIO, *s.* Cead, luasachadh, lughaigeadh, fulang do.
PERMISTIO, *s.* Measgadh, measgachadh, coimeasgadh, cur troimh chéile.
PERMITTO, -ERE, *v. a.* Ceadaich, leig le, luidhig, luasaich; *tela:* tilg, caith; *equum:* greas, spor; *quasi urbem hostibus:* thoir seachad; *aliquid judicio:* leig gu breith, ceadaich.
PERMOTIO, *s.* Buaireas, breisleach, tuairgneadh.
PERMOTUS, *part.* Buairte, tuairgnichte, iom-luaisgte.
PERMOVEO, -ERE, *v. a.* Buair, tuairgnich, iom-luaisg

PERMUTATIO, *s.* Mùthadh, iomlaid, atharrachadh, malairt, co-mhalairt.
PERMUTO, -ARE, *v. a.* Mùth, iomlaid, atharraich, malairt, co-mhalairtich.
PERNA, *s.* Ceathramh muic-fheoil, spàl, bloighd.
PERNICIALIS, *adj.* Millteach, sgriosail, bàsmhor, dìtheachail.
PERNICIES, *s.* Milleadh, sgrios, dìth, dìtheachadh, bàs.
PERNICIOSUS, *adj.* Vide Pernicialis.
PERNICITAS, *s.* Luathas, luathas chas, déine, cruadal.
PERNIO, *s.* Cusp, cuspach.
PERNIX, *adj.* Luath, luath-chasach, dian, cruadalach.
PERO, *s.* Cuaran, bròg mhòr.
PERONIS, *s.* Marag, ìsbean.
PERORANS, *part.* Labhairteach, òraideach.
PERORATIO, *s.* Crìoch, òraid, co-dhùnadh.
PERORATUS, *part.* Crìochnaichte, co-dhùinte.
PERORO, -ARE, *v. a.* Crìochnaich, co-dhùin, tagair.
PERPELLO, -ERE, *v. a.* Éignich, co-éignich, cuir impidh air.
PERPERAM, *adv.* Gu dàna, gu cas, gu bras.
PERPES, *adj.* Iomlan, uile, sìor, maireannach.
PERPETIOR, -I, *v. dep.* Fulaing, seas ri, seas fuidh, giùlain; *mandata:* géill do, thoir ùmhlachd.
PERPETRO, -ARE, *v. a.* Dean, gnìomhaich, coimhlion, crìochnaich.
PERPETUITAS, *s.* Maireannachd, buan-mhaireannachd; neo-bhàsmhorachd.
PERPETUO, -ARE, *v. a.* Cum suas, dean maireannach, cum air chois.
PERPETUUS, *adj.* Maireannach, buan-mhaireannach; neo-bhàsmhor, sìor.
PERPLEXUS, *adj.* Aimhreidh, do-fhuasglaidh, deacair, cruaidh, iom-cheisteach.
PERPUTO, -ARE, *v. a.* Mìnich, soilleirich, dean soilleir.
PERRUMPO, -ARE, *v. a.* Vide Per et Rumpo.
PERSECUTIO, *s.* Tòir, leanmhuinn, geur-leanmhuinn.
PERSEQUOR, -I, *v. dep.* Lean, dean tòireachd air, geur-lean, beir air, dìol.
PERSEVERANTIA, *s.* Buanachadh, buanachas, leanaltas.
PERSEVERO, -ARE, *v. a.* Buanaich, lean, sìor-bhuanaich.
PERSIDO, -ERE, *v. n.* Rach fuidhe, luidh sìos.
PERSISTO, -ERE, *v. n.* Fan, fuirich, seas, mair, lean, dian-lean.
PERSOLATA, *s.* Copagach, copag.
PERSOLVO, -ERE, *v. a.* Dìol, làn-dìol, ìoc.
PERSONA, *s.* Neach, urra, fear, no, tè; cidhis.
PERSONATA, *s.* Vide Persolata.
PERSONO, -ARE, *v. n.* Vide Per et Sono.
PERSPECTUS, *part.* et *adj.* Soilleir, glan, taisbeanta, nochdta, dearbhta.
PERSPICAX, *adj.* Geur, eagnaidh, geur-thuigseach, ealamh.
PERSPICIENTIA, *s.* Làn-fhios, làn-eòlas, eagnaidheachd.
PERSPICUITAS, *s.* Soilleireachd, so-thuigseachd.
PERSPICUUS, *adj.* Soilleir, so-thuigsinn, dearbhta, folluiseach.
PERSTO, -ARE, *v. n.* Seas, mair, buanaich, lean.
PERSUADEO, -ERE, *v. a.* Earalaich, comhairlich, cuir impidh air.
PERSUASIBILIS, *adj.* So-chomhairleachaidh, so-earalachaidh.
PERSUASIO, } *s.* Comhairle, comhairleachadh, earail,
PERSUASUS, } earalachadh, impidh.
PERTAESUS, *part.* Sgìth, gràinichte.
PERTENDO, -ERE, *v. a.* Vide Per et Tendo.
PERTERREFACIO, -ERE, *v. a.* Eagalaich, oilltich, cuir eagal air.
PERTERRITUS, *part.* Eagalaichte, oilltichte.
PERTICA, *s.* Lorg, maide, maide-tomhais.
PERTINACIA, *s.* Dùire, danarrachd, reasgachd, crosdachd, rag-mhuinealas, déine.
PERTINAX, *adj.* Dùr, danarra, reasgach, crosda, rag-mhuinealach, dian; spìocach, cruaidh.
PERTINEO, -ERE, *v. n.* Ruig, sìn, luidh a mach, sgaoil; *ad aliquem:* buin do.
PERTUNDO, -ERE, *v. a.* Vide Per et Tundo.
PERTURBATIO, *s.* Buaireas, breisleach, tinneas, eucail.
PERTURBATUS, *part.* et *adj.* Buairte, breislichte, tinn, eucaileach.
PERTURBO, -ARE, *v. a.* Buair, trioblaidich, cuir troimh chéile, aimlisgich.
PERVADO, -ERE, *v. n.* Vide Per et Vado.
PERVELLO, -ERE, *v. a.* Gon, bior, buair, spor, brosnuich.
PERVENIO, -IRE, *v. n.* Thig gu, ruig; faigh, buannaich.
PERVERSUS, *part.* et *adj.* Fiar, fiarta, claon, claonta, iargalt, crosda, reasgach, mi-àdhmhor, mi-shona, aimhleasach, truaillte, truaillidh.
PERVERTO, -ERE, *v. a.* Fiar, claon, truaill, mill.
PERVICACIA, *s.* Dranndan, dranndanachd, caise, corrachas, firionas, firionasachd, crosdachd.
PERVICAX, *adj.* Dranndanach, cas, corrach, firionasach, crosda, dian, dùr.
PERVIGIL, *adj.* Vide Per et Vigil.
PERVIUM, *s.* Troim-fathad, slighe, réidh-shlighe, slighe fhosgailte.
PERVIUS, *adj.* So-imeachd, so-dhrùighidh.
PES, *s.* Cas, cos, troidh, bun, bunchar.
PESSIMUS, *adj.* A 's measa, a 's miosa.
PESSUNDO, -ARE, *v. a.* Tilg sìos, saltair, ceannsaich, fàsaich.
PESTIFER, *adj.* Nimheil, millteach, sgriosail, aimhleasach, gabhaltach.
PESTIFERUS, *adj.* Gabhaltach, marbhtach, plàighneach.
PESTILENS, *adj.* Gabhaltach, plàigheil, millteach, aimhleasach, neo-fhallain.
PESTILENTIA, *s.* Plàigh, galar gabhaltach, gabhaltachd.
PESTIS, *s.* Plàigh, nimh, aimhleas, donas, milleadh, bàs; mearan, bànaidh; *homo:* slaightear, ceann-aimhleis, crochair, fear-millidh.
PETASIO, *s.* Spàl, ceathramh muic-fheoil.
PETASUS, *s.* Ada leathan, sgàil-ada; *domus:* mullach.
PETIGO, *s.* Càrr, cloimh ruithteach

PETITIO, *s.* Iarrtas, guidhe, dùrachd, athchuinge, iarruidh.
PETITOR, *s.* Iarradair, fear-iarruidh, fear-athchuinge, fear-siridh.
PETITUM, *s.* Iarrtas, athchuinge.
PETITUS, *s.* Claonadh, aomadh, tuiteam.
PETO, -ERE, *v. a.* Iarr, sir, guidh; faigh; *bello:* buail, tuit air, thoir ruathar; *lege:* tagair.
PETRA, *s.* Creag, creagarnach.
PETRICOSUS, PETROSUS, *adj.* Creagach.
PETULANS, *adj.* Ladarna, bathaiseach, beadaidh, leamh; àbhachdach, macnusach.
PETULANTIA, *s.* Ladarnas, bathaiseachd, beadaidheachd, leamhachas; àbhachd, macnus.
PEXATUS, *adj.* Nuadh-chòmhdaichte.
PHALANGA, *s.* Bata-cogaidh; geimhleag, inneal-togail.
PHALANX, *s.* Dlùth-bhuidheann airm, dlùth-fheachd.
PHALERAE, *s.* Each-ghrinneas, breaghachd, rìomhadh each.
PHALERATUS, *part.* Grinnichte, breaghaichte.
PHANATICUS, *adj.* Baoth-chreidmheach, saobh-chreidmheach.
PHANTASIA, PHANTASMA, *s.* Mac-meamnadh, baoth-bharail, baoth-smuain.
PHANUM, *s.* Teampull, ionad naomh.
PHARETRA, *s.* Bolg-shaighead, dòrlach.
PHARMACAPOLA, *s.* Sgoitich, fear reic iocshlaint.
PHASELUS, *s.* Long bheag, bàrca, birlinn.
PHASIANUS, *s.* Easag.
PHASMA, *s.* Taibhse, baoth-shealladh.
PHIALA, *s.* Searrag bheag, soitheachan; cuachag.
PHILAUTIA, *s.* Féin-ghràdh.
PHILOLOGIA, *s.* Eòlas chainntean, oilean chainntean, snas-chainnt.
PHILOLOGUS, *s.* Cànainiche, deas-chainntear.
PHILOLOGUS, *adj.* Cànaineach, deas-chainnteach.
PHILOSOPHIA, *s.* Feallsanachd, teallsanachd, àrd-fhoghlum, eagnaidheachd, rensonachadh.
PHILOSOPHUS, *s.* Feallsanach, teallsanach, càileadair, duine foghluinte.
PHILYRA, *s.* Teile, crann-teile.
PHLEGMONA, *s.* Iongrachadh, ainteas.
PHOCA, *s.* Ròn.
PHOEBE, *s.* Gealach, ré.
PHOEBUS, *s.* Grian.
PHOENIX, *s.* Tearc eun, ainneamhag.
PHOSPHORUS, *s.* Reul mhaidne, maidneag.
PHRENESIS, *s.* Cuthach, boile, mearan, bànaidh.
PHTHISIS, *s.* Caitheamh, tinneas caitheimh, cnuimh, eitig, sgamh-chnuimh.
PHTHONGUS, *s.* Pong, ponc chiùil.
PHY, *interj.* Fuith, mo nàire.
PHYLARCUS, *s.* Ceann-cinnidh, ceann-tighe.
PHYSICA, *s.* Càileadaireachd, teallsanachd nàduir.
PHYSIOGNOMON, *s.* Gnùis-fhiosaiche.
PHYSIOLOGIA, *s.* Càileadaireachd.
PIABILIS, *adj.* So-dhìolaidh.
PIACULUM, *s,* Ciont, mòr-chiont, eucoir; *solvendum:* éiric, ìobairt, ìobairt-réite, leigheas.
PIAMEN, PIAMENTUM, *s.* Iobairt-réite, éiric.
PICA, *s.* Pioghaid, cadhag, agaid.
PICUS, *adj.* Piceach, bìgheach, bìghearra.
PICTOR, *s.* Dreachadair, dealbhadair, fear-dreachaidh.
PICTURA, *s.* Dealbh, dealbhaireachd, dreachadh. dreachadaireachd.
PICTUS, *part.* Dealbhta, dreachta, grinnichte, snasmhor.
PIETAS, *s.* Cràbhadh, diadhachd, diadhaidheachd; *erga parentes:* dleasdanachd, ùmhlachd; *erga cognatos vel affines:* dàimh, bàigh; *erga miseros:* truas, lochd; *erga superiores:* dìlseachd, dleasdanas, ùmhlachd.
PIGEO, -ERE, *v. n.* Bi aindeonach, bi mi-thoileach, bi leasg, bi rag.
PIGER, *adj.* Leasg, leisgeanta, lunndach, dìomhanach, seamsanach, màirnealach, maidheanach.
PIGMENTUM, *s.* Dath, dreach-dhath, lì.
PIGNERATOR, *s.* Fear gheall, fear-gabhail gheall.
PIGNERO, -ARE, *v. a.* Thoir geall, thoir an geall, cuir an geall, gabh an geall.
PIGNUS, *s.* Geall, urras.
PIGRITIA, *s.* Leisg, leisgeantachd, lunndachd, seamsan, màirnealachd, maidheanachd.
PILA, *s.* Ball, ball-cluiche; dealbh.
PILA, *s.* Inneal pronnaidh; tuil-dhorus, mol, ach, being.
PILANUS, *s.* Saighdear saighde, saighdear-gatha.
PILARIS, *adj.* Peileireach.
PILARIUS, *s.* Cleasaiche.
PILATUS, *adj.* Saighdeach.
PILATUS, *part.* Beàrrta, lomairte, maol, lom.
PILEATUS, *adj.* Adach, boineideach.
PILEUS, *s.* Boineid, ada.
PILO, -ARE, *v. n.* Tiolp, goid, creach, spùinn.
PILO, -ARE, *v. a.* Rùisg, bèarr, lomair, dean lom.
PILOSUS, *adj.* Gaoisideach, ròmach, faltach, molach.
PILUM, *s.* Bruthadair, pronnadair; *militare:* saighead, guineach.
PILUS, *s.* Roimh-bhuidheann, roimh-fheachd; *militaris:* Vide Pilum.
PINASTER, *s.* Fiadh-ghiubhas.
PINEA, *s.* Giubhas, crann-giubhais.
PINETUM, *s.* Giùbhsach, coille-ghiubhais.
PINEUS, *adj.* Giubhasach, giùbhsachail.
PINGO, -ERE, *v. a.* Dreach, dealbh, tarruing, rioch-daich, dath, grinnich.
PINGUE, *s.* Saill, bloineag.
PINGUEFACIO, -ERE, *v. a.* Reamhraich, dean reamhar.
PINGUESCO, -ERE, *v. incept.* Fàs reamhar, fàs sultmhor.
PINGUIS, *adj.* Reamhar, sultmhor, bloineagach, mèath; *ingenio:* trom, trom-cheannach, marbhanta; *terra:* torach, tarbhach; *moribus:* garbh, balachail.
PINNA, *s.* It-éisg; *avium:* ite-sgéith, ite mhòr; *galeæ:* seòcan, cìrean.
PINNATUS, *adj.* Iteach, sgiathach; biorach, geur.
PINNIGER, *adj.* Iteach.
PINNULA, *s.* Iteag, ite bheag.
PINSATIO, *s.* Bruthadh, pronnadh.
PINSITUS, *part.* Brùthta, pronnta.
PINSO, -ERE, *v. a.* Bruth, pronn.
PINSOR, *s.* Bruthadair, pronnadair.

PINUS, *s.* Giubhas, craobh-ghiubhais, crann-giubhais; *navis:* long, soitheach.
PIO, -ARE, *v. a.* Thoir aoradh, dean aoradh; thoir urram do, meas; *expiando:* ìobair, thoir éiric.
PIPER, *s.* Peabar.
PIPERATUS, *adj.* Peabrach, peabarach.
PIPIO, -IRE, *v. n.* Bìog, dean bìogail, dean bìdeil.
PIRATA, *s.* Muir-spùinneadair, muir-chreachadair.
PIRATICUS, *adj.* Creachach, spùinneach, reubannach.
PISCARIA, *s.* Iasg-mhargadh.
PISCARIUS, *adj.* Iasgach, iasgaireach.
PISCATOR, *s.* Iasgaiche, iasgair.
PISCATORIUS, *adj.* Iasgaireach.
PISCATUS, *s.* Iasgach, iasgaireachd.
PISCICULUS, *s.* Iasgan, iasg beag.
PISCIS, *s.* Iasg.
PISCOR, -ARI, *v. dep.* Iasgaich, dean iasgach.
PISCOSUS, PISCULENTUS, *adj.* Iasgach.
PISTILLUM, *s.* Bruthadair, pronnadair.
PISTOR, *s.* Fear-bruthaidh, bleitheadair; *panis:* fuinneadair.
PISTRINA, PISTRINUM, *s.* Muilionn, tigh-meilidh; *panis:* tigh-fuinnidh.
PISTRIX, *s.* Muilionn.
PISTURA, *s.* Meileadh, bleith.
PISUM, *s.* Peasar.
PITISSO, -ARE, *v. a.* Blais, òl.
PITUITA, *s.* Sùgh uisgidh, leanntan cuirp; *nasi:* sglongaid, splangaid.
PITUITOSUS, *adj.* Sùghach, leanntail; *nasus:* sglongaideach, splangaideach.
PIUS, *adj.* Cràbhaidh, diadhaidh; *erga parentes vel superiores:* dleasdanach, ùmhail, dìleas, daimheil; *moribus:* ceart, còir; *literis:* foghluimte, ionnsuichte.
PIX, *s.* Pic, bìgh.
PLACABILIS, *adj.* So-thoileachaidh, so-shìtheachaidh, ciùin, fosgarra, macanta, suairc, mìn.
PLACABILITAS, *s.* Ciùineachd, fosgarrachd, macantachd, suairceas, mìneachd.
PLACAMEN, PLACAMENTUM, *s.* Réite, réiteachadh, éiric, dìoladh.
PLACATIO, *s.* Réiteachadh, dìoladh, sìtheachadh.
PLACATUS, *part.* et *adj.* Réitichte, sìthichte, dìolta.
PLACENTA, *s.* Breacag, bonnach.
PLACEO, -ERE, *v. n.* Toilich, taitinn, taitinn ri.
PLACIDITAS, *s.* Soitheamhachd, ciùineachd, màldachd, macantachd, mìneachd.
PLACIDUS, *adj.* Soitheamh, ciùin, màlda, macanta, mìn.
PLACITUM, *s.* Barail, breith, achd, gnàth-fhocal.
PLACO, -ARE, *v. a.* Thoir dìol, dìol éiric, dean réite, sìthich, foisich, ciùinich.
PLAGA, *s.* Tìr, roinn tìre, earrann, dùthaich, ceàrn, àirde; *pl.* ribe, lìontan.
PLAGA, *s.* Builie, leòn, gearradh; *vulneris:* làrach, ailt.
PLAGAE, *s.* Lìon, lìontan, ribe, eangach.
PLAGIARIUS, *s.* Gaduiche dhaoine; *scriptorum:* méirleach sgrìobhaidh.
PLAGOSUS, *s.* Sgiùrsadair, fear-sgiùrsaidh.
PLANCTUS, *s.* Bualadh, slachdadh, cnapadh; *pro dolore:* caoineadh, gul, ullurtaich.
PLANGO, -ERE, *v. a.* Buail, cnap, slachduinn, tuinnsich; *pro dolore:* caoin, guil, dean ullurtaich, ràn.
PLANGOR, *s.* Vide Planctus.
PLANIPES, *adj.* Cas-fuisg, cas-fuisgte.
PLANITIA, PLANITIES, *s.* Còmhnard, réidh, réidhlean; còmhnardachd, réidheachd.
PLANTA, *s.* Bonn; *arboris:* fiùran, meanglan, ùr-fhàs.
PLANTAGO, *s.* Cuach Phàdruig.
PLANTARIUM, *s.* Fiùran, meanglan, ùr-fhàs; lios òg-chrann, craobh-lios.
PLANTATIO, *s.* Suidheachadh, planndachadh.
PLANUS, *adj.* Réidh, còmhnard; *menti:* soilleir, sofhaicsinn, fosgailte.
PLANUS, *s.* Slaightear, crochair, mèirleach.
PLATEA, *s.* Réidh-shlighe, rathad mòr, sràid fharsuing.
PLAUDO, -ERE, *v. a.* Fuaimnich, tog fuaim, dean luathghair, cliùthaich, àrd-mhol.
PLAUSIBILIS, *adj.* Sgèimheil, dathail, dàicheil.
PLAUSOR, *s.* Fear-luathghaire, fear-cliùthachaidh.
PLAUSTRUM, *s.* Càrn, feun, cairt.
PLAUSUS, *s.* Bas-bhualadh, luathghair, àrd-mholadh, cliùthachadh.
PLEBEIUS, *adj.* Cumanta, ìochdranach, balachail, bodachail.
PLEBES, PLEBS, *s.* An cumanta, gràisg, pràbar.
PLECTO, -ERE, *v. a.* Dual, fill, toinn, figh: *plagis:* buail, cronaich, gréidh.
PLEIADES, *s.* An griglean, an griglean meanmnach.
PLENILUNIUM, *s.* Gealach làn, àirde an t-soluis.
PLENITAS, *s.* Pailteas, pailteachd, làn, làine, lànachd.
PLENITUDO, *s.* Làine, dòmhlachd, tiughad, tighe.
PLENUS, *adj.* Làn, pailt, mòr; *carne:* sultmhor, reamhar, tiugh, dòmhail; *fœtu:* trom, leth-tromach, torrach.
PLERIQUE, *adj.* Iomadaidh, iomadh, mòran a' mhòr chuid.
PLEURITIS, *s.* Treathaid, fiabhrus fola.
PLICATURA, *s.* Dual, filleadh, dualadh.
PLICO, -ARE, *v. a.* Dual, toinn, figh.
PLORABUNDUS, *adj.* Caointeach, guileach, deurach.
PLORATOR, *s.* Fear-caoinidh, fear guil, fear-bròin, fear-caoidh.
PLORATUS, *s.* Caoineadh, gul, caoidh, bròn.
PLORO, -ARE, *v. a.* Caoin, guil, dean caoidh, caoidh, dean bròn.
PLUMA, *s.* Ite, clòimh, maoth-chlòimh.
PLUMATILIS, *adj.* Iteach, iteagach, clòimheach.
PLUMBAGO, *s.* Slochd luaidhe, slochd airgid.
PLUMBARIUS, *adj.* Luaidheach.
PLUMBARIUS, *s.* Luaidh-oibriche.
PLUMBATUS, *part.* Luaidheach, làn luaidhe.
PLUMBEUS, *adj.* Luaidheach; *ingenio:* trom, tromcheannach, marbhanta.
PLUMBOSUS, *adj.* Luaidheach.
PLUMBUM, *s.* Luaidh, luaidhe, peileir, cudthrom, cudthrom luaidhe.

PLUMESCO, -ERE, *v. incept.* Fàs iteach, fàs clòimheach.
PLUMEUS, *adj.* Iteach, iteagach, clòimheach.
PLUMIGER, *adj.* Iteach, iteagach, clòimheach.
PLUMIPES, *adj.* Cas-iteagach.
PLUMOSUS, *adj.* Vide Plumeus.
PLUMULA, *s.* Iteag, ite bheag.
PLUO, -ERE, *v. n.* Fras, sil, dean uisge, bi 'g uisge.
PLURALIS, *s.* Iolair, tuilleadh 's a h-aon, iomadh.
PLURES, *adj.* Tuilleadh, iomadh; *defuncti:* na mairbh.
PLURIFARIUS, *adj.* Iom-ghnèitheach, iol-ghnèitheach.
PLURIMUS, *adj.* A 's mò, a 's lìonmhoire, ro mhòr, a' chuid a 's mò.
PLUS, *s.* Tuilleadh, a 's mò, a 's feàrr.
PLUTEUS, *s.* Còmhdach, sgàil, dìon, lann.
PLUVIA, *s.* Fras, uisge.
PLUVIALIS, PLUVIABILIS, PLUVIOSUS, PLUVIUS, *adj.* Uisgeach, frasach, fliuch.
PNEUMATICUS, *adj.* Gaothach, gaothmhor.
POCILLUM, *s.* Cuachag.
POCULENTUS, *adj.* So-òl.
POCULUM, *s.* Cuach, còrn; *liquoris:* deoch, balgum, drùbhag.
PODAGRA, *s.* Galar nan alt, tinneas nan alt.
PODEX, *s.* Tòn, màs.
POEMA, *s.* Dàn, duan, laoidh, bàrdachd.
POENA, *s.* Peanas, pian, càradh, àmhghar, aimhleas, dìoladh; coire, ciont.
POENALIS, POENARIUS, *adj.* Peanasach, piantach.
POENITENS, *part.* Aithreachail, aithreach.
POENITENTIA, *s.* Aithreachas.
POENITEO, -ERE, *v. n.* Dean aithreachas, gabh aithreachas.
POESIS, *s.* Bàrdachd.
POETA, *s.* Bàrd, aois-dàna, filidh.
POETICA, *s.* Bàrdachd, rannachd, ealain-bhàrdachd.
POETICUS, *adj.* Bàrdail, bàrdach.
POETRIA, *s.* Ban-bhàrd, ban-fhilidh.
POLENTA, *s.* Min eòrna.
POLIO, -IRE, *v. a.* Lìomh, lìomhaich, sgèimhich, grinnich, àilnich; *frumentum:* fasgain.
POLITIA, *s.* Riaghladh, baile, no, dùthcha.
POLITOR, *s.* Treabhaiche, fear-treabhaidh.
POLITURA, *s.* Lìomh, lìomhadh.
POLITUS, *part.* et *adj.* Lìomhta, lìomhaidh, grinnichte, àilnichte grinn.
POLLEN, *s.* Min chruithneachd, plùr, mìn-dhuslach.
POLLENS, *adj.* Cumhachdach, murrach, comasach, neartmhor, làidir.
POLLENTIA, *s.* Cumhachd, murrachas, comas, neart, treise.
POLLIO, -ERE, *v. n.* Bi murrach, bi comasach, bi làidir.
POLLEX, *s.* Òrdag, leud òrdaig.
POLLICEOR, -ERI, *v. dep.* Geall, thoir urras, tairg.
POLLICITATIO, *s.* Saor ghealladh, saor ghealltanas.
POLLICITUM, *s.* Gealladh, gealltanas.
POLLINCIO, -IRE, *v. a.* Dean cùbhraidh, spìsrich.
POLLIS, *s.* Vide Pollen.
POLLUCEO, -ERE, *v. a.* Dean lìomhaidh, àilnich, grinnich.
POLLUCTUM, *s.* Cuirm, cuilm, fleadh.
POLLUCTUS, *part.* Coisrigte.
POLLUO, -ERE, *v. a.* Truaill, salaich, mill, bris.
POLLUTUS, *part.* et *adj.* Truaillte, salaichte, millte, truaillidh, briste.
POLUS, *s.* Mul, mul-chuairt.
POLYGONON, *s.* Glùineach dhearg.
POLYMITUS, *adj.* Gréis-oibrichte.
POLYPUS, *s.* Bloineag nan daoine marbha; *naribus:* gnè ghuirein; *homo:* fear-foireigin, fear-fòirneirt.
POLYTHRIX, *s.* Dubh-charrach.
POMARIUM, *s.* Ubhal-ghort, lios meas-chraobh, lios mheasan.
POMARIUS, *s.* Fear reic mheasan.
POMERIDIANUS, *adj.* An déigh a' mheadhoin là.
POMIFER, POMOSUS, *adj.* Ubhalach, measach, measmhor.
POMPA, *s.* Sealladh greadhnach, greadhneachas, mòr-chuis.
POMUM, *s.* Ubhal, meas, crann ùbhlan.
POMUS, *s.* Craobh mheas, meas-chrann, ubhal.
PONDERATIO, *s.* Cothromachadh.
PONDERO, -ARE, *v. a.* Cothromaich; *mente:* meas, beachdaich, thoir breith, no, barail.
PONDEROSUS, *adj.* Trom, cudthromach.
PONDO, *s.* Punnd, cudthrom.
